


LIFE & WORK

(GAELIC SUPPLEMENT)

1936 - 1940.

2852(41)05

49163



Presented by

Dr. D. Lamont, 1955.

Dh. 7.29.

~~By 7.22~~







A faint, light gray watermark of classical architectural elements, specifically four columns supporting an entablature, is visible across the center of the page.

Digitized by the Internet Archive  
in 2011 with funding from  
internet archive

<http://www.archive.org/details/lifework1936194000chur>



MDCCCCXXXVI

**B**LIADHNA mhaith ùr dhuibh, a leughadairean uile, agus gach sonas is beannachd a chi Dia iomchuidh a thoirt dhuibh.

Tha ar làithean a' dol seachad mar sgeul a dh' innsear, agus mur bi sinn cùramach m' ar n-ùine bithidh ar beatha uile coltach ri fearann an duine leisg, làn chluaran agus fheantagan. Chan e mhàim gu bheil ar beatha goirid ach tha i neo-chinnteach; bitheamaid glic, mata, agus deanamaid le ar n-uile chridhè agus le ar n-uile neart an obair a thug Dia dhuinn r'a dheanamh, m' an tig an oideche anns nach urrainn duine obair a dheanamh.

"Tha mi ag ràdh so, a bhràithrean," arsa Pol, "gu bheil an aimsir goirid 's na bheil ri teachd, ionnus araon gu'm bi iadsan aig a bheil mnathan mar nach biodh mnathan aca, agus iadsan a tha ri gàirdeachas mar mhuinnit nach 'eil ri gàirdeachas, agus iadsan a tha ri

caoidh mar nach biodh iad ri caoidh, agus iadsan a tha ri ceannachd mar dhaoine nach 'eil a' sealbhachadh, agus iadsan a tha gnàthachadh an t-saoghal so mar dhream nach 'eil 'g a mhi-ghnàthachadh, oir théid sgiamh an t-saoghal so seachad."

"*Thug e obair féin do gach neach.*"—MARC xiii. 34.

"*An tò sin a tha leasg 'n a obair, is bràthair e do'n mhillteir mhór.*"—Gnath-fhocail, xviii. 9.

"*Bheir Dia gach obair chum breitheanais, ma's maith no ma's ole i.*"—ECCLES xii. 14.

"*Saothraiche nach ruig a leas näire a ghabhal.*"—2 TIM ii. 15.

"*Ma sheasas obair neach air bith, gheibh e duais.*"—1 COR. iii. 14.

"*Mar chomh-oibrichean maille ris-san.*"—2 COR. vi. 1.

"*Cuireamaid an céill ann an Sion obair an Tighearn ar Dia.*"—IEREMIAH li 10.

## A Bhunait Sheasmhach

"*Athair na soillse, maille ris nach 'eil atharrachadh no sgàile tionndaidh,*"—SEUMAS i. 17.

**A**N toiseach Dia; Dia ar Cruithear a tha beannaichte gu siorruidh. Sin a' cheud fhacal agus a' cheud ainm a bu chòir a bhi air ar bilean air là na Bliadhna Uire, ainm naomh an Tighearn, a tha mar thùr àrd agus mar dhídean do luchd-turuis an t-saoghal so a tha ag iarraidh gu saoghal as fhéarr.

Tha fishead guth 'n ar cluasan, a' cur eagail oirnn, agus ag innseadh dhuinn cho neo-chinnteach 's a tha ar cursa féin, cursa na rioghachd, agus cursa an t-saoghal uile, air a' bhliadhna so; ag innseadh dhuinn gu bheil comharran na h-an-shide ri fhacinn anns gach àird de'n iarmait. Theagamh gu bheil, ach ciod uime sin; chan e sinne a tha riaghlaigh an t-saoghal ach Dia, Athair na soillse, maille ris nach 'eil atharrachadh no sgàile tionndaidh. Tha na timeannan ag atharrachadh, tha clann-daoine ag atharrachadh, ach chan atharraichead esan, oir tha e neo-chaochlaideach 'n a ghliocas, 'n a chumhachd, 'n a naomhachd, 'n a cheartas, 'n a mhaiteas, agus 'n a fhirinn.


Tha cuimhne agam fhathast an t-iongnadh agus an t-eagal a bhiadh e a' cur orm, an uair a bha mi 'n am bhalach anns an sgoil, a bhi leughadh ann an Leabhar nan Ceist gu robh Dia neo-chriochnach, bith-bhuan, agus neo-chaochlaideach 'n a bhith agus 'n a nàdur oir cha b' urrainn do m' inntinn bhig greimeachadh air na facail namhasach sin, ged bhiadh i

daonnan a' sgiathalaich mu'n cuairt orra mar bhios leòmann a' sgiathalaich mu sholus. Ach an ni a bha 'n a chùis-eagail anns na làithean ud tha e an diugh dhomh mar acair m' anma, gu bheil Dia neo-chaochlaideach 'n a nàdur, agus anns an fhoillseachadh a rinn e air féin 'na Fhacal, agus ann an Iosa Criosd a Mhac.

Sin fàth ar misnich agus ar dòchais an uair a thionndas sinn ar n-agħaidhean ris a' Bliadhna Uir, agus gun fhios againn ciod a dh' fhaodas a bhi aice fo a cleòea dhuinn; is e fàth ar misnich agus ar dòchais gu bheil sinn ciinnteach a thaobh Dhe, ciinnteach gu bheil ar Cruithear agus ar Fear-saoraidh an ni a tha am Biobull agus na naomh uile ag ràdh a tha e. "Ma tha thu ciinnteach," arsa R. L. Stevenson, "gu bheil riuntean coibhneil aig Dia do d' thaobh air a' cheann mu dheireadh, bu chòir dhuit a bhi sona." Bu chòir gun teagamh, oir ma tha Dia leinn cò dh' fhaodas a bhi 'n ar n-agħaidh?

Tha Fhacal seasmhach féin ag innseadh dhuinn ciod iad na riuntean a tha aig Dia d' ar taobh, agus an coibhneas-gràidh a tha 'n a chridhe.

Is aithne dhomh na smuaintean a smuainich mi do'ur taobh, deir Iehobhah; smuaintean sithe, agus chan ann air son uile, a thoirt duibh àm ri teachd agus dòchas." (IEREMIAH xxix. 11.) \*



"Ged dh' atharraicheadh na beanntan, agus a ghluaisear na cnuic, chan atharraicheadh mo choibhneas-gràidh uaitse, agus cha ghluaisear coimhcheangal mo shìth, deir Iehobhah aig a bheil truas dhiot." (ISAIAH liv. 10.)

"Le gràdh siorruidh ghràdhaich mi thu ; uime sin bhuanach mi mo choibhneas-gràidh dhuit." (IEREMIAH xxi. 3.)

"Their mi mu thimchioll Iehobhah, Is e mo thearmunn agus mo dhaingneach ; mo Dhia anns an cuir mi m' earbsa." (SALM xci. 2.)

Sin an fhianuis a tha na naoimh uile a' toirt dhuinn mu thimchioll Dhe, agus do bhrigh gu bheil esan neo-chaochlaideach, bitidh e dhuinne anns a' bhliadhna a tha air thoiseach oirnn an ni a bha e dhaibhsan anns na làithean o shean.

\* \* \* \* \*

*Athair na Soillese*,—nach bòidheach agus nach brioghmhor an t-aimm sin air Dia. Ann an t-saoghal nàdurra is e a' ghrian Athair na Soillese, mac mór an àigh a tha dòrtadh soluis is teas is beatha air am t-saoghal uile. Tha a' ghrian cho riaghailteach agus cho seasmhach 'n a h-éirigh agus 'n a laighe 's gu'm faod thu do bheatha earbsadh ri riaghailteachd a càrsa ; cha do mheall i duine riamh agus cha mheall gu bràth. Ann an t-seagh sin is grian Dia ; tha tiодhlacon a mhaiteis agus a ghràidh a' tuiteam air a' chloinn cho cinnteach ri siubhal na gréine ; "tha do thròcairean nuadh gach aon mhaduinn, agus is mór do dhileachd." Ach ged dh' fhaodar Dia a choimeas ris a' ghréin anns an t-seagh so chan 'eil an coimeas fior ach ann an cuid ; seasmhach 's 'g a bheil a' ghrian 'n a siubhal thig sgàil air a h-aghaidh air uairean, agus mhùchar a solus, ach cha tig sgàil air aghaidh an Tighearna agus cha mhùchar a sholus-san. Tha e an ni ceudna, an dé, agus an diugh, agus gu siorruidh. Cha téid a sholus as, agus cha charaicheadh firinn, no cheartas, no thròcar, fad uile linntean na siorruidheachd

Fo sgàil do sgéith ni uime sin,  
Làn dòchas clann nan daoin'.  
\* \* \* \* \*

Chan 'eil rud air an t-saoghal a tha cho buannachdail do dhaoine ri bhi a' smuaineachadh gun sgor mu Dhia, ciod a rùintean agus ciod na dòighean anns a bheil e ag oibreachadh agus a' riaghailteach an t-saoghall. Tha beachdan mearrachdach mu Dhia a' faontainn àite 'n ar n-intinnsean, agus 'g ar cur air seachran 'n ar n-ùrnughean, is cha bhi sith gu bràth 'n ar eridheachan no comh-flurtachd dhiadhaidh againn o ar n-ùrnughean gus an greimich sinn air an firinn so gu bheil Dia *neo-chaochlaideach* 'n a obair agus 'n a riaghlaidh. Shaoileadh tu gu'm bu mhaith le daoine Dia a bhi *neo-chaochlaideach* 'n a fhreasdal, ach a mach o àireamh

bheag de na naoimh a tha creidsinn ann an *neo-chaochlaideachd* an Tighearn, agus a fhuair sith iomlan anns a' chreideamh sin, cha do ghreimich an saoghal air an firinn so riamh. An uair a ni daoine ùrnughean bu mhaith leò a bhi smuaineachadh air Dia mar neach a tha saor gus a lagh fèin a bhriseadh, oir glé thric tha iad ag ùrnughean air son nithean nach b' urrainn Dia a thoirt dhaibh gun a nàdur atharrachadh. Agus is ann air nàdur neo-chaochlaideach Dhe a tha laghannan seasmhach a' chruthachaidh air an stéidheachadh. Chan 'eil anns na laghannan sin ach foillseachadh air nàdur agus rùintean a' Chruitheir.

Tha sinne an dà chuid aineolach agus peacach, agus saoilidh sin air uairean gu'm bu chòir do Dhia gràdhach a bhi na bu tròcairiche ruinn na gu'n dùineadh e a chluas ris na h-athchuingean a bhios sinn a' cur suas ris 'n ar n-éiginn. Chan 'eil ann an *Lagh* agus ann an *Gràdh* ach an aon ni o dhà thaobh ; chan 'eil dearbhadh as cinn-tiche air *Gràdh* Dhe anns an t-saoghal uile gu leir na gu bheil e a' riaghlaidh an t-saoghal le laghannan nach gabh atharrachadh. Cha ghabh iad atharrachadh a chionn nach 'eil annnta air a bhuidhean air nach tig atharrachadh no sgàile tionndaidh.

An àite e bhi 'n a bhriseadh-dùil no 'n a chùis-eagail do dhaoine gu bheil eadhon ar n-ùrnughean air am freagairt a réir laghannan a tha siorruidh agus neo-chaochlaideach, is ann a tha e 'n a aobhar misneach agus 'n a aobhar síthe, oir tha fhios againn co ris a leigeas sinn ar taic. A cheart cho luath 's a dh' aonas sinn ar toil fèin ri rùintean siorruidh Dhe, théid againn air nithean mìorbhuiileach a dheanamh, agus chi sinn gu'm bi gealladh Chriosd air a choimh-lionadh 'n ar fiosrachadh, "An ti a chreideas annam-sa, na h-oibre a tha mise a' deanamh, ni esan mar an ceudna, agus oibre as mò na iad so."

Ach chan 'eil ann an *Lagh* agus ann an Laghannan ach facail fhuar ; tha ainn eile orra, agus ainn a tha na's maisiche na gach uile ainn, ainn Chriosd, oir ciod a chunnainc an saoghal ann an Criosd ach nàdur Dhe air fhoillseachadh, agus ann an obair Chriosd ach laghannan Dhe air am foillseachadh. An dà chuid 'n a theagast agus 'n a chraann-ceusaидh chi sinn nàdur agus rùintean neo-chaochlaideach Dhe air am foillseachadh, fireantachd a tha cho seasmhach ris na nèamhan, agus gràdh a dh' fhuiling piantan a' bhais agus ifrinн chum biodh uile oibre agus uile riaghlaidh Dhe daingean agus ceart. Ann an Iosa Criosd tha fireantachd agus gràdh Dhe a' pogadh beul ri beul.

Mar a thubhairt mi cheana, bitidh daoine air uairean 'n a leithid de chàs 'n am beatha 's gu'm bu mhaith leò a chreidsinn gu'n leig Dia

as iadsan (ged nach leig e as daoine eile) bho ùmhachd a thabhairt do na laghannan leis a bheil e a' riaghlaigh an t-saoghal, ach chan 'eil an sin ach dùil fhaoin, agus cha mhò is e sin an rathad gu sith. Chan urrainn Dia saorsa no cead a thoirt do neach gun a reachdan fèin a chumail, oir is ann anns na reachdan sin a tha a nàdur naomh agus uasal a' co-sheasamh; fhìrinn agus a cheartas agus a ghràdh. *Gu*

*bheil Dia neo-chaochlaideach,—sin agad a' bhunait sheasmhach air a bheil an saoghal so air a shocruchadh. "Ma sgriosar na bunaitean, ciod a ni am firean?" Ciod ach gu'm biodh a chreideamh agus a dhòchas diomhain?*

'S mórt sith na muinntir ud a ta  
A' gabhail gràidh do d' reachd;  
Chan éirich tuisleadh idir dhaibh  
No oilbheum fòs gu beachd.

## Anns a' Chathair

**M**aduinn Sàbaid a bha an t-Ollamh Ioseph Parker nach maireann a' searmonachadh, an Eaglais an Teampuill, an Lunnaidh, thubhairt e ris a' choimhthional gu robh cuid dhiubh a' faotainn coire dha a chionn nach robh e a' labhairt mu cheisteann móra na beatha agus na diadhaidheachd ann an cainnt na sgoilearachd ùr, no a' toirt iomraigheach air *Science* anns a' chùbaid. Thubhairt e gu robhтар a' faotainn coire dha a chionn gu robh e daonnan a' fireanachadh a theagaig le briathran a' Bhiobuill an àite a bhi 'ga fhireanachadh le beachdan cud-thromach nan daoine a bha suas ri *Science*, agus a bha coimhlionta ann an eòlas mu'n Chruthachadh.

"Tha sibh ag ràdh," ars' esan, "gu'm bu mhaith leibh gu'n innseinn dhuibh an dràsd 's a ris ciod a tha aig *Science* ri ràdh ruinn mu chùisean diomhair ar beatha."

"Ceart gu leòir; tòisichidh mi an diugh fhéin. Tha bantrach bhochd anns a' choimhthional a chaill a h-aona mhac, is tha i a' feòraich 'na cridhe fèin c' àite a bheil e, no am faic i e gu bràth tuilleadh. Iarramaid, mata, air *Science* freagairt a thoirt do'n bhantraich bhochd iomgaineach so, agus innseadh dhi c' àite an deachaidh a mac. Cuiridh sinn am Biobull air chùl agus leigidh sinn le *Science* a' cheist a fhreagairt." (Anns an fhacal ud, dhùin am ministear am Biobull, thog e an leabhar bhàrr na cùbaid, agus chuir e air an àite-shuidhe e.)

"Am faic a' mhàthair so a mac gu bràth tuilleadh? Ciod a dh' éirich dha? C' àite a bheil e, no an e an uaigh ar ceann-uidhe gu bràth? Sin a' cheist a tha mi ag iarraidh air *Science* a fhreagairt. Ciod a tha thu ag ràdh?"

(Dh' fhan Parker greis 'n a thosd, agus e a' sealantuinn roimhe gu geur, mar gu'm biodh e a' sealantuinn ann an sùilean *Science*.)

"Tha sinn," ars' esan ris a' choimhthional, a' buntainn ris a' cheist so ann an solus na sgoilearachd ùr; chuir sinn bhuainn am Biobull

is tha sinn a nis ag iarraidh air *Science* freagairt a thoirt do'n bhantraich so aig a bheil cridhe leonta agus iomgaineach. Ciod a tha agad ri ràdh rithe?"

(A ris dh' fhan e greis 'n a thosd, ach ma bha esan 'n a thosd, bu mhò na sin sàmhchair a' choimhthionail.)

"Tha an àine," ars' esan, "a' dol seachad, is tha am boirionnach a' feitheamh ri facial bhuait, a Bhan-righ na sgoilearachd, oir tha a cridhe an impis sgàineadh; am faic i a mac gu bràth tuilleadh? Bruidhinn, bruidhinn, ma tha dad agad ri ràdh agus aotrumaich anam a' bhoirionnach bhochd; no mur labhair thu fèin, innis dhòmhsa ciod a their mi rithe!"

Ciod? Ciod? CIOD? An e nach 'eil dad agad ri ràdh rithe? An eulas riamh a leithid so; *Science* agus an sgoilearachd mhór d' a bheil daoine a' deanamh am beic mar gu'm biodh iad a' deanamh am beic do bhan-dia, tha iad 'nan tosd, agus gun aon fhacal aca ri ràdh mu thimchioll a' ghnothuich as cudthromachaie ann am beatha dhaoine!!

"Ah," arsa Parker, "tha e coltach gu'm feum sinn dol air ar n-ais a dh' ionnsuidh an t-Seann Leabhair an déidh a h-uile rud." Thionndaidh e a chùl ris a' choimhthional, thog e am Biobull cho caomhail cùramach 's ged bu leanabh a bha e a' làimhseachadh, chuir e air bòrd na cùbaide e, agus an sin leugh e as le guth sóluimte na briathran so:

"Theid mise d' a ionnsuidh-san, ach cha phill esan a m' ionnsuidh-sa" . . . "thig do mhairbh beò; éiridh mo chuirp mharbh-sa" . . . "tha fhios agam gu bheil m' shearasaoraidh beò, agus an déidh do m' chraicionn a bhi mar so air a chnàmh agus as eugmhais m' fheòla, chi mi Dia." . . . "Is mise an aiseirigh agus a' bheatha; esan a chreideas annamsa, ged fhaigh e bàs, gidheadh bithidh e beò" . . . "oir is eigin do'n chorp thruaillidh so neo-thruaillidheachd a chur uime, agus do'n chorp bhàsmhor so neo-bhàsmhorachd a chur

uime" . . . "cha b'aill leinn sibh a bhi ain-eolach a thaobh na muinntir a tha 'n an cadal, a chum nach dean sibh bròn, eadhon mar chàch, aig nach eil dòchas; oir ma tha sinn a' creid-sinn gu'n d' fhuair Iosa bàs, agus gu'n d' éirich e rìs, amhuil sin iadsan mar an ceudna a chaidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris . . . agus mar sin bithidh sinn gu siorruidh maille ris an Tighearna. Air an aobhar sin thugaibh comh-fhurtachd d'a chéile leis na briathran so."

An sin dhùin e am Biobull; thog e 'n a uchd e, agus 'g a bhoiseagachadh gu gaolach, thubhairt e ris a' choimhthional, "Ochan, Ochan, a chàirdean, chan 'eil ann an *Science* ach bean-chomhfhurtachd thruagh aig nach eil sgeul mhaith no sgeul aoibhneach do dhaoinne a tha fo throm uallach; leanaidh sinn ris an t-Seann Leabhar; leanaidh sinn ris an t-Seann Leabhar."

\* \* \* \* \*

"*Is lòchran t' fhacal do m' chois, agus solus do m' cheum*" (SALM. 119, 105).

Tha'n oidheche dorch' 's mi fad o m' dhachaidh ghaoil O, treòraich mi.

Is e am Biobull an lòchran a thug Dia dhuinn 'g ar treòrachadh dhachaidh; is e Fhacal féin an riaghailt a thug e dhuinn a chum ar teagasc ann an èolas slàinteil air féin, agus ann an dòchas na beatha maireannaich.

Tha Dia a' labhairt ruinn anns a' Bhiobull mar nach 'eil e a' labhairt ruinn air dhòigh air-bith eile. Chan 'eil teagamh nach 'eil e a' labhairt ri daoine 'n a fhreasdal, agus 'n an coguis, agus 'n a oibre maiseach, gu sónruichte ma tha inntinnean beachdail agus faireachail aca, ach chan 'eil na guthan sin ach fann, agus chan 'eil iad a' labhairt riu ach an dràsd 's a ris. Is ann 'n a Fhacal a tha e a' labhairt gu làidir agus gu soilleir ruinn; do dhaoine nach 'eil a' leughadh no a' cluinnintn Facial Dhe, tha Dia mar gu'm biodh e 'n a thosd, agus ma tha Dia 'n a thosd do neach air bith chan fhada gus an dichuimhnich an neach sin Dia gu buileach. Cha b' aithne dhomh riamh duine diadhaidh aig nach robh gaol air a' Bhiobull.

Tha moran dhaoine an diugh a' cur a' Bhiobull an suarachas, agus barrachd dhaoine a' deanamh dearmaid air, mar gu'm biodh e comasach do dhaoine an Rathad fhaotainn gu Dia agus gu' beatha shiorruidh as eugmhais. Ach tha de ghliocas anns an t-saoghal fhathast 's gur maith leinn gu'n innseadh iad dhuinn ciod a chuirear 'n a àite. *A Thighearna, co dh' ionnsuidh an teid sinn? agad-sa tha briathran na beatha maireannaich.* Ma dhùnar am Biobull, ciod an tobar eile a dh' fhosglar 'n a àite?

\* \* \* \* \*

Cuimhnich, a leughadair, nach ann a' cur *Science* an suarachas a tha mi, no a' faotainn

coire do na daoine aig a bheil dòchas gu'n saorar clann-daoine le Eòlas. Chan ann idir; is fhada bhuam a leithid sin a dh' amaireas. Tha barrachd meas agam air Eòlas agus air àrd-sgoilearachd na gu'n tòisichinn air cur sios orra, agus ged dheanainn sin chan ann orra-san a dheanainn cron ach orm fhéin. "Chan urrainn sinn ni air bith a dheanamh an aghaidh na firinn, ach air son na firinn."

Tha *Science* agus an t-eòlas ùr a thatar a' faotainn air a' Chruthachadh maith agus ro mhaith 'n an àite féin; tha iad a' fosgladh ar n-inntinnean agus ar stíleán agus a' toirt sealladh ùr dhuinn air farsuingeachd, agus òirdhearcas, agus iongantas a' chrúinne-cé; agus mar is mó agus is oirdheirce agus is iongantaiche a tha an speur agus an saoghal a' fàs, is ann is mó agus is òirdheirce a tha glíocas agus cumhachd an Ti a chruthaich iad a' fàs mar an ceudna. Anns an t-seagh sin, a thuilleadh air dòighean eile, tha e maith do dhaoine fios a bhi aca ciod a tha *Science* ag innseadh dhuinn mu'n Chruthachadh. Theagamh gu'n toir an t-eòlas ùr sin orra beachdan leanabail a bha aca a chur air chùl (ma tha duine a' fàs idir feumaidh e fàs as a bheachdan mar a dh' fhàsas balaich as an aodach) ach do bhrigh gur e an aon Dia a tha labhairt ann an oibre a' Chruthachaidh's a tha labhairt anns a' Bhiobull chan urrainn *Science* agus am Biobull a chéile a bhreugnachadh. Chah 'eil annta ach dà ghath de 'n aon t-solus. Ach feumar a chuímheachadh nach e an aon ni a tha aca 's an amhare; tha *Science* ag innseadh dhuinn mu nithean faicsinneach a chithear le ar stíleán, agus a thoimhsear leis an t-slait no leis a' mheidh, ach tha am Biobull ag innseadh dhuinn mu nithean neo-fhaicsinneach nach gabh làimhseachadh, ach a tha a cheart cho fior 's ged a ghabhadh iad cur air a' mheidh - thomhais; creideamh, aithreachas, maiteanas, dòchas. Ma's e èolas mu Dhia agus mu bheatha na diadhaidheachd a tha dhùth ort, chan 'eil dad aig *Science* ri ràdh riut, oir chan e na nithean sin a gnothuch-se; fos-gail am Biobull agus innsidh na naoimh dhuit an t-slighe gu Dia. Agus air an làimh eile, ma tha tu air son fhaoitann a mach mu oibre no mu aois a' chruthachaidh is fheàrr dhuit gu mór dol gu Sir Seumas Leans seach a bhi feuchainn ri èolas fhàsgadh á leabhar *Ghenesis* nach do chuir Dia ann.

Chan 'eil so a' ciallachadh nach 'eil a' cheud chaibideil de *Ghenesis* fior. Theagamh nach 'eil i fior do dhaoine aig a bheil inntinnean maola, agus inntinnean litireil laghail (an seòrsa inntinn as miosa air an t-saoghal), ach tha i fior do dhaoine aig a bheil inntinnean saora agus inntinnean iriosal (anns nach do bhàsach ionghnadh no aoradh). C'àite eile ann an litreachas an t-saoghail air fad am faigh thu

cumitas air òg-mhaduinn a' chruthachaidh a tha cho goirid, cho simplidh, cho òirdheirc, cho maireannach, ri Laoidh a' Chruthachaidh ann an leabhar Ghenesia. *An toiseach chruthaich Dia na nèamhan agus an talamh*; sin agad ann an naoi facail a cheart rud a tha *Science a' cur ann an naoi muilleanan.*

\* \* \* \* \*

*Co dh' ionn�uidh an téid sinn? anns a' Bhiobull tha briathran na beatha maireannaich.* As eugmhais a' Bhiobuill bhitheamaid mar dhaoine ann an ceò, oir tha am Biobull a' toirt dhuinn eòlas air Dia, agus is e eòlas air Dia agus air a mhae a' bheatha mhaireannach. Ma théid sinn gu Tearlach Darwin, no gu Einstein, no gu Sir Seumas Ieans, bheir iad dhuinn fiosrachadh a tha feumail dhuinn an iomadh doigh, agus fiosrachadh a dh' phosglas ar sùilean agus ar n-inntimean. Ach tha cridhe agus anam againn a thuilleadh air sùil is inntinn, cridheachan a bhios air uairean goirt, air uairean

aitreachail, air uairean teagmhach, agus air uairean eile fann le ionndraim air Dia. Ciod a tha aig Tearlach Darwin no aig Einstein ri fhoillseachadh dhuinn a bheir furtachd do'n chridhe? Chan 'eil dad. Is maith a dh' eireas dhaibh féin mur caill iad an anam am measg nan sligean-tomhais. Dh' fhaodadh iomadh speuradair a rádh, *Am feadh's a bha mi a' tomhas a' Ghioglaghain chaill mi Dia.*

Tha am Biobull a' labhairt ri tuilleadh is inntinn mhic an duine; tha e a' labhairt r'a nàdùr uile, agus 'ga chumail ceart a thaobh crioch àraidh a bheatha. Tha crioch àraidh aig gach ni fo'n ghréin, agus is e crioch àraidh mhic an duine Dia a ghìorachadh agus a mhealtainn gu siorruidh. Sin crioch àraidh a' Bhiobuill féin, an t-eòlas so a thoirt dhuinn, agus a thaobh an eòlais so tha am Biobull neomhearachdach. Cha téid eadhon na daoine baoghalta air seachran ma ghabhas iad am Biobull mar lòchran d'an cois agus mar sholus d' an ceum.

## Anns a' Choille Bheithe

**B**U mhaith leam a bhi air mo thiòdlacadh Baig bun na craobh aig an do sheas mi greis an diugh anns a' Choille Bheithe. Ach theagamh nach gabh sin deanamh, oir tha amharus agam gu'n cuireadh Cileadairean na h-Eaglais, an Dùn-éideann, 'n a aghaidh, agus gu'm feumar mo chnàmhan a chur an àit-eigin eile. Ach bu mhaith leam a bhi leam féin anns a' Choille Bheithe, far an do chuir mi seachadh iomadh uair shòlasach, far an euala mi guthan agus far an d' phiosraich mi faireachd-uinean nach cluinnear agus nach fiosraichear air an Rathad-mhór, agus far nach biodh eas a' saltairt air m' uaigh ach easan nan coineanan a bhios a' ruideas imte anns an oidheche, agus easan nan eun beaga a bhios a' gabhail fasgaidh innite ri an-uair.

Tha e móran na's phasa do dhuine dol far an togair e'nuair tha e beò na tha e dha 'nuair tha e marbh. Faodaidh am beò dol d'a roghainn àite, ach chan 'eil àite aig a' mharbh d' an téid e ach an cladh. Agus mur cuirear do'n chladh e, chan 'eil fhios air an t-saoghal ciod a nithearris! An tug thu riamh an aire, a leughadair, cho duilich 's a tha e do mhortair corp a chur as an t-sealladh? Chan 'eil corp an duine as mothà mór, ach mur bheil tiodhlacadh follaiseach air a dheanamh, agus an corp air a ghiùlan do'n chladh, tha e anabarrach duilich corp a chur as an t-sealladh gu huaigneach agus gun amharus. Ged is trom toscaid a tha làn uisge-bheatha, no làn àilidh, ma thig té dhiubh sin air a' chladach, gheibhean dealbh air a cur as an t-sealladh gu falachaidh. Ach chan urrainnear corp a' mhairbh a chur

as an t-sealladh eadhon le spàrn chruaidh, mur tiodhlائear e gu follaiseach anns an àite a tha air a chur a mach air a shon. "An ni a tha cam, cha ghabh e deanamh dìreach."

Ach chan ann air gnothuichean de'n t-seòrsa sin a tha mi dol a bhruidhinn an dràsd, ach air smuaintean a dh' éirich 'n am intinn anns a' mhaduinn, an uair a chunnaic mi anns a' phaipear gu'n do shiubhail an t-Ollamh Uilleam L. Levack, a bha an Eaglais Belmont, an Glaschu. Ged nach robh móran eòlais agam-sa air Uilleam Levack, agus ged nach 'eil mi cinnteach cò againn a bu shine, tha fhios agam gu robh sinn gu maith dlùth air a chéile co dhiu, agus is e sin a chuir gu smuaineachadh mi an diugh. Cha mhór mhaduinnean a dh' phosglas mi am paipearnaidheachd nach fhaic mi ann gu'n do shiubhail cuideigin d' am cho-aoisean an dé agus gu'm bi e air a thiodhlacadh am màireach.

Tha tim mar shruthan siùbhlaich cas,  
Toirt leis gu bras gach neach.

Theagamh nach 'eil ann ach mac-meanmain m' inntinn féin, ach saoilidh mi gu'n do shiubhail barrachd mhinistearan a b' aithne dhomh eadar còig deug is dà fhichead agus trì fichead na shiubhail aig aois a b' òige, no aig aois a bu shine. Ciòd air bith a their na dotairean uime, tha móran dhaoine an duil gu bheil trì fichead 's a trì 'n a h-aois chunnartaich, ach theagamh nach 'eil bonn aig a' bheachd sin ach a mhàin so, gu bheil seòrsa a dh' atharrachadh a' tighinn air bodhig duine a h-uile seachd bliadhna. B' aithne dhomh feedhainn

a dh' fhàilnich aig an aois sin, ach b' aithne dhomh feedhainn eile a dh' fhàs na bu làidire agus na bu chruadalaiche na bha iad riamh. B' aithne dhomh aon duine a bha cho frioth-talach 'n a stamaig ann an làithean òige 's nach b' urrainn dha dad a ghabhail ach seòrsa de fhuardraig a bhiodh a bhean a' deanamh dha air sùgh mine agus aran-cruithmeachd, ach 'nuair a chaith e os cionn trì fichead, dh' fhàladh an droch stamag, is dh' fhaodadh e tairngean agus faochagan itheadh gun chron a dheanamh dha féin.

Shiubhail Ian Calvin, an diadhair mór, aig ceithir deug is dà fhichead; Seòras Whitefield aig coig deug is dà fhichead; Tèarlaich Spurgeon aig seachd deug is dà fhichead; Iain Bunyan agus Daibhidh Mac an Léigh, aig trì fichead. Thug iad sin uile uthachd dhaibh féin, oir shàraich iad am bodhig agus an eridhe ann an aobhar an t-soisgeil, ach ged a shiubhail iad uile gu maith òg, rinn iad obair mhór m' an tāning a' chrìoch orra.

Theirinn gur e Iain Calvin duine as mothà a rugadh riamh anns an Fhraing. Chan 'eil mi a' dichumhneachadh gur ann do'n Fhraing a bhuiineadh Napoleon agus Louis Pasteur. Mar dhuine bha Pasteur ann an iomadh dòigh na b' fheàrr na Calvin, ach ged nach 'eil móran dhaoine air an ainmeachadh ann an eachdraidh an t-saoghail air a bheil uiread meas agus uiread gaoil agam-sa 's a tha agam air Louis Pasteur, tha mi an dùil gu'm feumar Calvin a' chur air thoiseach air, a thaobh neart, agus soilleireachd inntinn, agus a thaobh na buadha a bha aige air beatha agus eachdraidh na Roinn Eòrpa. Thionndaidh e sruth a beatha agus a h-eachdraidh as na seana chlaisean a steach do chlaisean ùra. An dara leth d'a bheatha cha robh Calvin saor is pian aon mhionaid. Ach lean e air obair agus air sgriobhadh gun fhois, gun tàmh; an uair a dh' iarradh iad air gun a bhi 'g a shàruchadh féin cho goirt, theireadh e riù, "Am bu mhaith leibh gu'm bithinn diomhaineach aig teachd an Tighearna?"

Ged a dh' ainnich mi Napoleon am measg urracha móra na Frainge cha toigh leam an duine idir; cha toigh leam sealtruinn air aodann, no air a shùil, no air a mhailghean gruamach, no air a chorpa reamhar, eadhon ann an dealbh. Tha Napoleon ainmeil gu leòir mar tha, ach bhiodh e na b'ainmeile ann an leabhrachean-eachdraidh na'n deachaидh peilear 'n a chridhe air achadh Waterloo. Faodar an ni ceudna a rádh mu Phrionnsa Tearlach agus mu Lloyd George. Na'n deachaيدh peilear anns a' Phrionnsa air sliabh Chùill-fhodair, no na'n deachaيدh Lloyd George a mharbhadh le bomb Gearmailteach an t-seachduin mu dheireadh de'n chogadh, chan 'eil fhois nach dìchuimhnicheadh an saoghal

gur e daoine a bha anna agus nach e diathan. Cha lugha a bhios ainn Khitchener ann an eachdraidh an t-saoghail a chionn gu'n do shiubhail e tràth, agus gu bheil uaigh mar bha uaigh Mhaois, nach aithne do dhuine sam bith i gus an là 'n diugh.

Chan ann air sgàth nam buadhan inntinn a bha aige a bhios cuimhne gu bràth air Daibhidh Mac-an-Léigh, no eadhon air son a shaoth-rach ann an Africa, ach a chionn gu robh a chridhe air a lionadh leis a' ghaol agus a' chriosdalachd sin a cheamnsaicheas rioghachdan agus a dh' oibricheas fireantachd. Tha Faical an Tighearn ag innseadh dhuinn gu'n dean creideamh sin, an creideamh a tha ag oibreachadh tre ghràdh, agus tha beatha Dhaibhidh Mhic an Léigh am measg treubhan borb na h-Afric a' dearbhadh gu'n dean. Chaith e 'n am measg gun armachd, ach thug iad gu luath an seòrsa duine a bha ann, is bha e cho sàbhailte 'n am measg 's ged robh e a' sràideamachd an Ulabha, eilean a shinnisir. Chan 'eil naidheachd a dh' innseadh riamh as mò a thaisiceas ar eridhe na mar a ghiùlain na balaich dhubha corp an duine chaomhail so, ceudan mile troimh choiltean agus thar mhonaidhean, gus a thoirt gu baile-puirt anns an robh soitheach a bheireadh do Shasunn e. Ach dh' innis mi an naidheachd sin air an duilleig so uair-eigin cheana. Tha corp Dhaibhidh Mhic-an-Léigh air a thiodhlacadh ann an Abaid Westminster, ach tha a chridhe air a thiodhlacadh aig bun craobhie anns an àite anns an do shiubhail e.

Shiubhail e air a għluinean, ag īrnuiġ air son Africa. Am b' urrainn an teachdaire deireannach tighinn aig àm a bu fhreagarr-aiche. "Faigheam-sa bäs an ionracain, agus bitheadh mo chrioch dheiressann cosmhul ri chriċ-san!" Theagħamh nach cuala móran de na bhios a' leughadh na duilleig so iomradh air Dòmhnull Mac Rath, figheadair bochd a bha am Peitidh, dlùth air Inbhir-nis, o chionn ceud bliadhna. Shiubhail esan air an dòigh cheudna, air a għluinean ag īrnuiġ. Bha e 'n a dhuiñe diadhaidh, agus cho cùramach mu'n-t- Sàbaid a choimhead mar là na naomh 's nach dadadh e teine 'n a thigh air là na Sàbaid, eadhon ri fuachd a' għeambraidaidh. Cha bu pheacadh dha an teine a lasadh air an t- Sàbaid, ach ma rinn e mearachd, rinn e i air an taobh shàbhailte. Chan fhaigh mise coire dha co dhiu; tha de mheas agam air daoine aig a bheil uiread de thoil agus de stòldachd diaħħa idh' gu'n smachdaidh iad am feòil féin 's nach fhaighinn coire dhaibh ged chaidleadh iad air fiaclan cleith-chliata, gun léine r' an cneas. Ach is rud eile e iarraidh air daoine eile na riaghailtean sin a chur orra féin.

Tha Pol ag rádh gur e gath a' bhàis am peac-adh, is tha sin fior anns an t-seagh as dòimhne,

ach do mhórán dhaoine tha an gath eile so anns a' bhàs, gu bheil e a' tadhall orra m' an do chriochnaich iad an obair a bha iad an dùil a dheanamh. Gus an ruig duine leth-cheud bliadhna saoilidh e nach 'eil ann féin ach duine òg, agus gu bheil uine gu leòr aige air an obair ud no an obair ud eile a dheanamh. Ochan, Ochan; mar tha na bliadhnanachan a' dol seachad tha e na's duiliche dhuinn saorsa fhaotainn gus crioch a chur air obair air bith ach dleasdanas agus cuairt an là, agus ma ruigeas sinn trì fishead gun an obair a bhi fhathast deanta chan 'eil ann ach seansa chaol gu'n deanar gu bràth i. Oir ciod a tha ann an duine aig tri fishead ach seann duine!

Ged nach 'eil e furasd a ràdh c'uin a tha duine 'n a sheann duine, agus ged tha seann daoine an diugh na's òige na b' àbhaist dhaibh (agus daoine òga na's sine) chan urrainnear ach seann duine a ràdh ri duine a chaidh seachad air trì fishead. Eadar dà fhichead agus leth-cheud tha duine air 'òige fhàgail 'n a dhéidh; edar leth-cheud agus trì fishead tha e a' *fàs* sean; agus eadar tri fishead agus trì fishead 's a deich tha e 'n a sheann duine, ged nach failnicheadh a shùil agus nach tréigeadh a neart e. Ach air a shon sin tha e duilich innseadh c'uin is còir do dhuine a dhreuchd a chur dheth a chionn gu bheil e sean. B' fheàrr dhuit dol a dh' éisdeachd Iain

Wesley, a' searmonachadh aig ceithir fishead, seach dol a dh' éisdeachd gin de na ministearan òga a theireadh nach robh ann ach seann duine. Dh' fhaodainn aimmean speuradairean agus luchd-lagha a thoirt dhuit, a bha cho beòthail ri searraich òga aig ceithir fishead. Chan aithne dhomh ciod as aobhar dha, ach tha rud-eigin anns an lagh agus anns an speuradair-eachd a tha sineadh làithean dhaoine. Ma's maith mo chuimhne tharruing am Morair Halsbury suas ri ceud mile punnd Sasunnach de *phension* m'an do shiubhail e. Uair-eigin de 'n t-saoghal bha an aois 'n a cùis-eagail do dhaoine, ach chan 'eil i 'n a cùis-eagail dhaibh an diugh a chionn gu bheil uiread *phensions* a' feitheamh air seann daoine. Tha daoine ann an diugh aig a bheil *pension* aig dà fhichead, agus gu leòr de dhaoine eile ann air a bheil fadachd gus am bi iad aois a' *phension*.

Ach mar a thubhairt mi cheana is e gath a' bhàis gu'm faod e tighinn oirnn agus gun ar n-obair criochnaichte. An uair a chi mi leithidean Néill Mhic Ghill-Fhaolain agus Uilleam Levack air an gearradh as tha e a' toirt criothnachadh dhomh, agus a' cur teagamh ann am intinn nach criochnaich mi gu bràth obair bheag no dhà a bu mhaith leam a dheanamh leis a' pheann.

Tha tìm mar shruthan siubhlach cas,  
Toirt leis gu bras gach neach.

## Aig an Uinneig

### Na duilleagan Gàidhlig

**A**IG toiseach na bliadhna bu mhaith leam a Aràdh gu'm bithinn fada fada an comain duine air bith a chuireas thugam rud-eigin a chuireas mi anns na duilleagan Gàidhlig. An uiridh cha d' fhuair mi móran cuideachaidh o thaobh air bith, is b' fheudar dhomh a' chuid mhór de na duilleagan so a sgríobhadh mi fhéin. Cha bu mhaith leam gu'm biodh sin mar sin am bliadhna. Mar thubhairt Pol, tha an uiread de ghuthan anns an t-saoghal, agus do bhrigh nach 'eil aon dhiubh gun bhagh, bhiodh e maith do luchd-leughaidh an Leabhair Ghurm cui'd de na guthan sin a chluimtinn. Tha iomadh ministear òg agus iomadh maighstir-sgoil anns a' Ghàidhealtachd aig a bheil ni-eigin ri ràdh a bhiodh chum foghlum na h-eaglais, is bhitheinn ro thoilichte sin a thoirt am follais na'n cuireadh iad thugam e, an rosg no am bàrdachd. Bhiodh dualas agus beannachd dhùibhail 'n a lorg sin; bhiodh e 'n a chuideachadh dhòmhhsa agus 'n a bhuanachd dhaibh féin, oir dh' ionnsaicheadh e dhaibh rian agus soilleireachd a chur 'n an cainnt agus 'n an smuaintean. Cha ghabh sin ionnsachadh ach le saothair. Cha toigh le muinntir na Gàidhealtachd searmon a bhios

air a leughadh; mar sin tha e feumail do mhinistearan òga a dh' fheumas *labhairt gun phaipear* anns a' chùbaid a bhi *sgríobhadh* rud-eigin eile a h-uile là d' am beatha, los rian agus òrdalachd 'n an cainnt a theagasg dhaibh féin. Théid aig duine a tha labhairt air mi-rian is neo-òrdalachd 'n a theagasg fholach le briathran deas atmhor, no le casdaich, no le glaothaich, no eadhon le snaoisean, mar bhiodh euid de na seana mhinistearan a' deanamh, ach cha ghabh sin deanamh air paippear. B' fheàirridh mise e, ma ta, agus cha bu mhisid iad féin e, na'n tòisicheadh ministearan òga air cuideachadh leam air na duilleagan so.

Rud eile; gheibh a h-uile duine a sgríobhas anns na duilleagan Gàidhlig a làn shaorsa. Is toigh leam saorsa dhomh féin seach gach ni fo'n ghréin, agus bu mhaith leam a cheart shaorsa a thoirt do dhaoine eile. Na biodh eagal air duine air bith, ma ta, gu'n diùltar a bheachdan no fhiosrachadh a thoirt am follais, a chionn gu'm faod daoine eile coire fhaotainn dhaibh no a chionn nach 'eil iad a réir teagasg Alasdair Gheàrr, no Mhic Rath Mhóir, no an Dotair Cheanaidich. An rud a tha maith agus fior, seasaidh e ris an t-solus; an rud anns nach 'eil blagh no firinn, agus nach seas ris an t-

solus, cuirear as e na's luaithe le thoirt do'n t-solus. Tim agus solus ar reusoin, sin agad na guitean a dhealaicheas an cruithneachd o'n mholl.

Móran taing do dhithis a chuidich leam an uiridh uair no dhà; an t-Ollamh Colla Dòmhnullach, anns an Lagan, agus an t-Urramach Calum Macleòid, M.A. an Glaschu. Tha fhios agam gu'm bi ar luchd-leughaidh toilichte searmón no seanchas eile fhaotainn bhuapa am bliadhna cuideachd. Tha mi duilich nach 'eil dad agam air son ceud àireamh na bliadhna so ach mo chuid fhéin, agus Laoidh Nollaige a fhuair mi o'n Urramach Calum Laing, M.A., ach tha mi an dòchas nach b'i àireamh Februari mar sin.

Duine air bith leis am bu mhaith cuideachadh a dheanamh anns an obair so sgríobhadh e gu

*Dòmhnull Mac Laomuinn,  
am Blàr Adholl,  
am Peart.*

### Am bàta-adhair

Ciod a their na h-iolairean a bhios a' neadachadh air beamntan an eilein Sgitheanaich ris an Iolair Mhór a phaisg a sgiathan an Gleann Breatail air a' mhios so chaith, an déidh dhi itealaich o Rinn-friù am beagan os ciomh uair a dh' iùne? Chan 'eil fhios c' aite an stad so! Cò is urrainn a ràdh nach fhaicear fhathast seana mhnathan còire as an eilean Sgitheanach ag itealaich air maduinn na Sàbaid gu eaglais am Naoimh Iudais, an Glaschu? Ciod a theireadh Alastair Dòmhnullach, an Eaglas Chaluim-Chille; no Calum Mac Leòid, an Eaglais Iain Knox; no idir idir ciod a theireadh am fear nach maireann, an t-Urramach Niall Camshron, na'm faiceadh iad sgoath de sheana mhnathan á Leòdhas,

agus as na Hearadh, agus as an eilean Sgitheanach, a' snàmh mar cheò os cionn nan eaglaisean aca air maduinn Sàbaid, ag itealaich mar chalumain a dh' ionnsuidh an ionad-tàimh? Cò is urrainn a ràdh nach fhaic sinn fhathast *superintendents* ann an Eaglais na h-Alba a' sgiathalaich anns an adhar os ar ciomh cho bitheanta 's a tha sinn a' faicinn an diugh *superintendents* o Bhòrd an fhearainn air bàtaichean Mhac Brayne. "Ach thusa, O Dhaniel, druid suas na briathran, agus seulaich an leabhar, gu àm na crìche: ruithidh móran sìos agus suas, agus bithidh eòlas air a mheudachadh." Saoghal iongantach, da rireadh, ach c' aite an stad e? Tha a' chuid so de'n fhàistneachd air a coimhlionadh cheana, gu bheil daoine a' siubhal gun sgur sìos is suas, le luathas a chuireas farmad air na h-iolairean, agus gu bheil eòlas air a mheudachadh, ach ciod a' chrioch a bhios aige, agus c' uin a tha àm na crìche, agus ciod a tha anns an leabhar sheulaichte?

Air uairean tha mi toilichte gu'm bi mi marbh m'an tig na nithean gu crìch a tha mi a' faicinn air thoiseach oirnn le m' shealladh goirid féin, ach an ath mhionaid bu mhaith leam a bhi beò a dh' fhaicinn ciod a ni a' ghineal òg ris an t-saoghal ùr so a thug iad a steach. Thubhارت am Morair Leverhume an dé gur ann o'n mhuij a thig rath is soirbheachadh do Leòdhas, is theagamh gu'n abair Morair eile am màireach gur ann as an adhar a thig e. Ach co dhiu a thig ar cobhair o'n mhuij no o'n speur, no bhios ar dachaidhean againn ann soithichean-mara no ann an soithichean-adhair, is e Dia tha riaghlaidh anns na dùilean sin le chéile. "Tha guth do thàirneanaich anns an speur, agus anns an fhaighe tha do shlighe."

## Laoidh Nollaige

(Air fonn "Eileàn an Fhraoich")

### I

"**G**LÒIR do Dhia anns na h-àrdaibh,"  
Bha na h-ainglean a' seinn;  
Leanabh Oigh' air a thàladh;  
Sagart, Fàidh agus Rìgh  
Air a bhreith ann an stàbull—  
Sgeul àghmhòr gach linn,  
Thugaibh géill, deanaibh aite  
Do Phrionnsa na Sith'.

### II

Chualas caithream na Flaithis,  
Seirm còisridh na Glòir;  
Mhosgail suil òg na maidne,  
Sgap, sgaradh na néoil;  
Bhruchd gràs ann am pailteas  
A fuaran na sgeòil:  
Fàth faruim an aoibhneis,  
Dia foillsicht' s'an fheòil.

Uidhist a Deas

### III

Grian na Fireantachd dh' éirich  
Le slàinte 'na sgéith,  
Thoirt leighis làn éifeachd  
Agus siocaint nach tréig;  
Thoirt saorsa do pheacaich  
'S a thional an tréid  
Neo-choireach 's neo-lochdach  
An Cùmhnan na réit.

### IV

'S fior an ràdh so 's is airidh  
Air gach cor bhi 'ga luaidh:  
Thug E 'n gath as a' bhàs dhuinn,  
'S thug E buaidh air an uaigh;  
Tha E cumh' chdach gu tèarnadh,  
'S tha shòlas-san buan,  
Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh  
A dh' iobair an t-UAN.



## Dorchadas a' Chroinn-Cheusaidh

## Searmoin Comanachaидh

AN T-URRAMACH CALUM MAC LEòID, M.A., AN GLASCHU

*"A nis, o'n t-seathamh uair bha dorchadas air an tir uile, gus an naodhamh uair."*—MATA. xxvii. 45.

IS minie a bha so a cur ionghnadh orm, chan e gu robh dorchadas ann, nuair a bha an Slànuighear beannaichte a' fulang air an chramm, ach gu robh e ann o'n t-seathamh gus an naodhamh uair—se sin ann an cunnatas an latha ud, o mheadhon-là gu trì uairean feasgar—agus nach robh e ann roimhe no an déidh sin. Dh' fhaodadh tu radh gu robh dorchadas nàdurrach do leithid a latha agus do leithid de shuidheachadh do Dhia is do dhaoine; gu robh na dùilean fhéin agus iad fo blhròn agus co-fhaireachdan aca ri suidheachadh is staithruagh an Tigh-earna anns an chàs 'san robh e. Ach tha na dùilean fo làimh Dhé nan dùl agus mar sin feumaidh sinn a thuiginn gu robh aobhar air leth aige-san air an dorchadas so a thabhairt air an tir, chan ann o thoiseach fulangais an t-Slànuigheir gus na sguir iad, ach o'n t-seathamh gus an naodhamh uair. Tha fhios, matà, nach ann gun aobhar a thug Dia an tiugh dhorchadas so air an tir o mheadhon-là gus na treas uaire nuair a thug e suas a spiorad.

Tha e coltach gu robh an latha soilleir breagha an toiseach nuair thug na saighdearan lèo Iosa do thalla a' bheitheanais agus a chruinnich a bhuidheann aingidh uile timchioll air, agus a thoisich iad air magadh air. An sin 's an talla ruisg iad e agus chuir iad seana chota dearg saighdeir air, a' fanoid air, agus air dhaibh erùn droigheann fhigheadh chuir iad air a cheann e agus chuir iad slat chuire 'na làimh dheis agus lùb iad an glùn 'na làthair agus rinn iad fanoid air ag radh: Gu'm beannaichear thu, a Righ nam Iudhach. Agus thilg iad smugaidh air agus ghlac iad an t-slat chuire agus bhuaill iad 'sa cheann e. Bha a' Phearsa ghlòrmhor a' fulang am bodhaig 's a' spiorad, ach cha d' fhosgail e a bheul agus e 'g an gràdhachadh le gràdh siorruidh. Thug iad a mach e. Chuir iad an crann-ceusaidh air a ghualainn—tàmailt nan tàmailtean—agus thuirt iad ris, agus iad a' mionnachadh, gu'm feumadh e sid a ghiùlan gu Calbhari, àite a chrochaidh. Cha d' fhosgail e a bheul agus e 'g an gràdhachadh le gràdh siorruidh; agus eallach peacaidhean dhaoine air cuideachd a ghabh air fhéin an gràdh Ghetsémane, ach rinn e sin agus chaidh e air adhart fo an eallach so cuideachd gus na thuit e le laigse is ainmuinmeachd, agus cha

b' ionglhnadh e. Agus, a chairdean, so air ar son-ne; agus làmh againn uile troimh an pheacadh anns an obair oilteil a bh' ann. Nuair a ràinig iad Calbhari—cnoc na croiche am muigh air braighe a' bhaile—chéus iad an sin e comhla ri da mhéirleach, fear air a làimh dheis agus fear eile air a làimh chli. Agus thug iadsan a bha dol seachad, a' gabhail an rothaid, toibheum dhà ag crathadh an cinn; agus mar an ceudna thubhairt na h-àrd-shagairt maille ris na sgríobhaichean agus na seanairean a' fanoid air: "Shaor e daoine eile, e fhéin a shaoradh chan urrainn e; ma's e Righ Israel thigeadh e a nis a nuas o'n chramm-cheusaidh agus creididh sinn e. Agus thug na meirlich a cheusadh maille ris am beum ceudna dha."

Bha so a dol air adhart agus esan a' fulang air an chramm agus na seachd deamhnán anns an t-sluagh. Bha a' ghrian a dealradh fhathast agus an là soilleir, ach a nis aig an t-seathamh uair tha Dia an t-Athair a' faicinn agus a' fair-eachdainn gu bheil fulangas a Mhic agus aingidheachd dhaoine cho uamhasach is gu bheil iarrайдh aige air falach a chur orra. Agus thug e dorchadas air an tir o'n so gus an robh an obair chriochnuichte. Cha b'ann gun aobhar a rinn e sin.

Nuair a bhitheas mi a' tathal air daoine-tinne ann an tighean-eiridinn a bhaile-mhór so bidh mi faicinn gu maith tric sgàile air a tharruing timchioll na leapa nuair a tha neach ag fulang móran, no ma tha e ri uchd bàis. Dé is coireach ris an sin? Thà, nuair a tha sinn am mór phian no am fior laigse gur miann leinn a bhí le ar càirdean a mhàin agus air falbh bho dhaoine eile. Chì mi na dlùth-chàirdean comhla riutha aig taobh na leapa an taobh a stigh de'n sgàil. Cha mhaith leinn sùil coigrich a bhi air luchd ar gaòil-ne nuair a tha iad am mòr àmhaghair no ri uchd bàis. Agus bha dorchadas air an tir o'n t-seathamh gus an naodhamh uair; tharruing Dia an t-Athair siorruidh sgàile timchioll air leabaiddh bàis—agus bu chorras i agus b' anshocrahach i—eon Mhae a ghràidh-san.

1. *Tha so, ma tha, a nochdadh an toiseach dhuinn gràdh an Athar do Iosa air a' chramm.*

Nuair a tha ar luchd-gaoil fo àrd-urram agus am mullach soirbheachaidh agus sòlais is maith

leinn muinntir eile sin fhaicinn. Chan 'eil sinn airson an t-urram sin a gheleidhadh dhuinn fhein a mhàin, is maith leinn gum bitheadh fhios aig daoine eile air, mar an ceudna. Tha seòrsa de dh' uail agaunn unnta, agus is miann leinn an nochdadh do'n t-saoghal, co-dhiù do gach neach a thogras amharc orra agus sin fhaicinn. Co a mhathair nach'eil làn dheònach an leanabh fhoillseachadh do mhuinntir eile aig àm a bhaistidh? An t-Athair siorruidh fhein nuair a bhaisteadh aon Mhac a ghràidh dh' fhosgail e na néamhan agus dhealraich glòir a mach agus thainig an Spiorad Naomh agus laigh e air, agus thubhairt e : "Is e so mo Mhac gràdhach anns am beil mo mhór thlachd."

Aig àm pòsaidh tha e toirt aoibhneas do chairdean na mnà-nuaidh-phòsda gu faic muinntir eile cho sgiamhach is cho maiseach is a tha i; tha uail aca aside agus is miann leò gum faic eadhoin luchd dol an rothaid cho eireachdail is a tha i; tha sinn làn riaraichte gum faic daoine eile seach sinne, a càirdean i, aig àm a subhachais is a sòlais agus a mór mhaise. Ach an uair a tha ar càirdean ann an àmhghar is am bròn, ann am pian agus an éigin no rì uchd bàis tarruingidh sinn thugainn fhéin iad air falbh o mhuinntir eile. Gleidhidh sinn iad o shùilean coimheach agus mar is mò ar gràdh dhaibh is ann as dlùithe a chumas sinn iad dhuinn fhéin. Tarruingidh sinn na sgàilean timchioll orra. Agus a nis tha aon Mhac a ghràidh ann an àmhghar ro mhór agus tha gràdh Dhé cho daingean is cho blàth agus gu bheil e a nis a tarruing sgàilean timchioll air. Bho'n t-seathamh uair bha am fulangas cho uamhasach, bha an tàmait cho eagallach, agus gu'n tug an t-Athair air dorchadas a chuaireachadh gus am bidh Mac a ghràidh aige dha fhéin agus e ri uchd bàis, bàs maslach a chroinn-cheusaidh. Thug meud gràidh an Athair air, matà, an dorchadas so a chur timchioll a Mhic agus e an cruaidh chàs air ar son-ne.

Rud eile, nuair a tha ar luchd gaoil a faighinn tàmait is anacaint o dhroch dhaoine, nuair a thathas a deanamh tàire orra, nuair a tha graisg is daoine gun dù a toirt tàmait is masladh dhaibh is maith leinn an tabhairt air falbh bhuaapa. Their sinn, Coma leat, thig comhlàrum-sa; chan 'eil unnta ach a' ghràisg agus corra-mhargaidh a' bhaile. Bheir sinn air falbh ar caraid bho na daoine gun dù. Agus a nis nuair a bha droch dhaoine is gràisg an t-saoghal a toirt tàire is masladh do'n aon Mhac shiorruidh bha an t-Athair airson a thoirt air falbh bhuaapa gu bhi comhlàris fhéin a mhàin, agus mar sin chuir e dorchadas timchioll air, gus nach fhaiceadh na daoine gun dù e, agus gu'm bitheadh Mac a ghràidh aige dha-fhein. Mar sin bha dorchadas air an talamh o'n t-seathamh gus an naodhamh uair. Mar a ghràdhach an t-Athair mise, ars' an Slànuighear beannaichte fhein,

mar sin ghràdhach mise sibhse. Agus thug gràdh an Athair dorchadas timechioll air, 'g a chuaireachadh le sgàile, gus a dhion o theanga is o thàmait nan droch dhaoine ud, agus bhuainne. Seadh bha làmh aig ar peacaidhean-ne ann an so cuideachd agus dh' fhuiling e 'n ar n-àite-ne. "Deanamh so mar chuijmheachan orm-sa," ars' esan. "Gabhaibh ithibh e se mo chorpa a tha air a bhriseadh air bhur son-se."

Fhaic thu cuideachd, nach robb aon neach eile airidh air a bhi comhlàris an t-Slànuighear 'n a fhulangas agus fo an trom eallach agus ri uchd bàis ach an t-Athair siorruidh fhéin. Tha a nis an uair air teachd anns an toil leis an Athair am Mac gràdhach a bhi aige dha fhéin agus a chridhe a cur thairis le gràdh dha 'n a fhulangas is 'n a dhòruim do-thuigisinn. Thoillich an t-Athair gach nì is neach eile a dhubbhadh a mach bhuaithe ach e fhéin; agus eadhon 's an dorchadas eagallach a bh' ann, dorchadas a muigh agus dorchadas gràineil peacaidhean a chinne-daonna a stigh air anam, is ann a dh' éigh am Mac gràdhach : Mo Dhia, mo Dhia, carson a thréig thu mi. Agus an Athair fhéin, mar gum b' eadh a tionndadh aghaidh air falbh agus a chridhe a bristeadh le fulangasan Mac a ghràidh. Agus so air do shon-sa agus air mo shon-sa, a charaid. "Agus bha dorchadas air an tir uile o'n t-seathamh gus an naodhamh uair."

*2. Tha an dorchadas so a rihest a nochdadh dhuinn mór thròcail is fiòr choibhneas an Athair ri daoinne peachach.*

Cha mhaith leinn fhéin no le duine sam bith a bhi faicinn nì granda no mi-eireachdail an giùlan no an cleachdadhdhaoine asaithne dhuinn, neo gu h-àraidh a bhi faicinn droch-cleachdaidh aig daoine a bhuineas dhuinn; air cho ole is 'g am bì iad, is maith leinn sin a chleith mu an déidhinn. Tha cuimhne agam nair-eigin a bhi faicinn duine truagh ri tod agus am buaireadh, a' deanamh amadan is duine gu diù dheth-fhéin, agus a bhean a tighinn agus 'g a thoirt leatha air falbh. So mar a bha na daoine a cheus Criod, 'n an aingidh is 'n an daoine gun diu, a deanamh amadain is trusdair dhiubh-fhéin, 'n an cuius-naire is 'n am masladh do neach ceart a bhuineadh dhaibh agus b' e sin Dia. Chruthaich e iad 'n a ionmhaigh fhéin, thug e dhaibh buadhan is tälantán sonruichte bhuaithe fhéin, agus bha iad a nis 'n an cuius-mhaslaidh dhà, ach bha tròcail is coibhneas 'na chridhe dhaibh, bhà agus gràdh siorruidh, agus thug e mar gu'm b'eadh, air falbh iad o'n Mhac ghràdhach agus e am fulang a' bhàis air an son, chuir e sgàil eadar e is iadsan. "Agus bha dorchadas air an tir uile o'n t-seathamh gus an naodhamh uair." A charaid agus a bhanacharaid, tha so a leigeil fhaicinn mór thròcail

is mór choibhneas Dhé do pheacaich, eadhoin dhaibh-san as miosa.

*Air tròcair Dhe sìor sheinnidh mi  
Is nì mi oirre sgeul.*

Tha a thròcair 's a ghràdh anns an dorchadas fhéin, ann an dorchadas croinn-ceusadh a Mhic shiorruidh. "Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa."

Chunnaic mi so cuideachd cumanta am measg euid a dhaoine : nuair a tha iad ann an solus is soilleireachd soirbheachaidh, gu bheil e buailteach dhaibh a bhi di-chuimhneachadh Dhé is a mhaiteas, agus gur h-ann uaithe-san a tha am beatha is am bithe a sruthadh ; bithidh iad, euid de dhaoine, cruaidh naimhdeil, coma co dhiù de mar a shàraicheas iad muimntir eile agus iad fhéin ann an tréin neart is am mullach soirbheachaidh ; gach nì aca agus fo an làimh mar is miann leò, tha iad glé choma de an taire no am pian a bheir iad do dhaoine eile. Ach faic iad so ann an àmhghar iad fhéin, faic iad ann am bròn agus an dorchadas agus saoiliadh tu nach e na h-aon daoine a th' unnta. Chuir an dorchadas rudeigin de dh' uamhannis do mhiothachadh 'n an cridheachan. Tha iad n'as nàdurraiche is n'as carthanmaiche agus n'as tròcairiche 'n an gné is 'n an dòighean. Agus bu mhìann leis an Athair neamhaidh ni-eigin de thròcair is de mhiothachadh fhaicinn eadhon anns na peacaich bu mhòtha is bu thruaighe, co-dhiù tosd a chur air am bilean aingidh agus mar sin chuir e dorchadas air an tir uile o'n t-seathamh uair gus an naodhamh uair. A charaid, nach ionghantach tròcair is coibhneas Dhé do pheacaich. Is minic a dh'oibrich àmhghar is trioblaid is dorchadas eagal, agus eagal creidimh agus creidimh gràdh ; agus ge b'e neach a theid a steach do dhorchadas a chroinn-cheusaidh tuigidh e agus gheibh e aithne air an so. Is ann o ghràdh Dhé a bha an dorchadas so.

3. *Tha dorchadas a chroinn-cheusaidh a tea-gaisg dhuinn cuideachd nach tuig duine gu h-iomlan 'na tha air a ghabhail a stigh ann am bàs an t-Slànuigheir bheannàichte.*

Chunnaic an luchd-ceusaidh agus na bha maille riu ioma ni ionghantach 'n a ghiùlan-san air an chrann. Cha robh stiùl a bheireadh e le mór ghràdh orra agus air an t-sluagh timchioll, nach robh faicinneach dhaibh fhad 'sa bha an t-soilleireachd ann ; cha robh ear no gluasad a dheanadh an fheòil bheannaichte nach fhaiceadh iad ; cha robh gluasad a dheanadh na bilean glòrmhor nach robh soilleir dhaibh. Bhà agus do na deisciobuil a lean e gu Calbhari agus do Mhuire agus do na mnathan diadhaidh eile. Bha truimead an eallaich—eallach peacaidhean a chinne-daonna—ri fhaicinn ; agus am pian spioraid agus bodhaig, agus nàire truaillidh-

eachd a pheacaidh ri fhaicinn gu soilleir agus a' ghrian a dealrachadh air agus orra-san. Ach aig an t-seathamh uair tha e mar gu'm b'eadh a dol n'as duimhne ann an ifrinn a pheacaidh :

*Chaidh umam dòruinn geur a bhàis,  
Ghlac piantan ifrinn mi :  
Theann ghlacadh mi le trioblaid thruaigh,  
Is àmhghar cruaidh do m' chlaoidh.*

Agus bha dorchadas an uair sin 'g a chuairteachadh o'n bha fhulangas ni bu duimhne is ni bu dhionuire na gunfaiceadh no gu'n tuigeadh duine iad—ach an t-Athair a mhàin. Bha an gràdh siorruidh a bha e a dòirteadh a mach air an chrann ni bu duimhne is ni bu dhiamhuire is ni bu mhiorbhuitche na gu'm faiceadh no gu'n tuigeadh neach 'sam bith e ann an iomlanachd ; agus mar sin bha dorchadas air an tir uile o so a mach gus an tug e suas an spiorad. Sin, a charaid, miorbhuite na h-ibairt-réite agus a chroinn-chéusaidh—gu bheil ànn moran n'as mothagaus n'as seasmhac agus n'as glòrmhoire na chì no a thuigeas an neach as fhèarr no an neach as diadhaidh a bha a riamh air thalamh.

Tha a charaid, móran soilleir de ghràdh Dhé 's a' chrann-chéusaidh—o'n bha a ghrian a dealradh roimh an t-seathamh uair agus an déidh na naodhamh uaire—móran a bharrachd na na thuigeas sinne, ged dh' fhaodadh sinn fhaicinn 's a thuigseann ni b' fheàrr nam bitheadh sinn ni bu dileise is ni b' éudmhoire agus ni b' iorasaille—ach tha móran a thuiileadh ann nach tuig duine a tha beò 's an t-saoghal-sa. Dh' fhuingheal e so air ar sgàth-ne agus rinn e so air ar son-ne. Dé a ni sinne dha-san agus air a shon-san ? " Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa ; oir cia minic agus a dh'itheas sibh an t-aran so agus a dh' olas sibh an cupan so tha sibh ag cumail cuimhne air bàis an Tighearna gus an tig e." " Ithibh, a chairdean," tha e ag radh ribh, " Olaibh, seadh, olaibh gu paitl, a luchd mo ghaoil."

### Frithealadh a' Bhuid

*"Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Feuch thíg mise a' t' ionnsuidh ann an neul tiugh, chum ga'n cluinn an sluagh an uair a labhras mi riut, agus mar an ceudna gu'n creid iad thu gu siorruidh."—EXODUS xix. 9.*

CARSON nach d' thainig an Tighearna dh' Cionnsuidh a shluagh ann an dealrachd solus a Phearsa ? Shaoileadh sinne gum bitheadh sin ni bu chomharraichte agus ni bu chomasaise air glòir is cuamhachd Dhé a nochdadh dhuinn. Theagamh gum bitheadh ; ach tha a dhòigh fhéin aig Dia—agus tha an dòigh sin daonnan cothromach is ceart—agus chan ann gun aobhar a tha e a' tighinn thugainn iomadach uair ann an tiugh neul mar a thainig e gu Maois is gu clann Israel.

Fhaic thu lus nach' eil cleachdaichte air an t-solus cha'n fhuling e gu h-obann dealradh is teas na gréine. Lus a tha a' fas ann an dubhar no an dorchadas agus nach'eil a faighinn a bheag de sholus, ma chuireas tu e ri aodann gréine seargaidh e agus theid e dholaidh. Sin, a chairdean, mar a tha sinne—that ar saorsa is ar beatha a co-sheasamh ann gu bheil Dia air uaireannan a tighinn do ar n-ionnsuidh ann an tiugh neul; oir chan 'eil daoine peacach mar a tha sinne ann daoman cleachdaichte air glór is dealradh a phearsa naoimhe-san. Mar sin tha e a tighinn thugainn 'na mhór choibhneas is 'na ghràdh ann an dubhar is an dorchadas. Seall nuair a thainig an Slanuighear beanaichte fhéin chum an t-saoghal-sa cha'b' ann am mórachd glór na siorruidheachd a thainig e, ach chuir e e-fhein an dimeas a gabhail air fhéin cruth seirbhiseach; bha e 'na dhuine dhoilgheasan is eòlach air bròn agus dh'fholach sinn mar gu'm b' eadh ar n-aghaidh uaithe. Thaimig e mar gu'm b'eadh ann an neul tiugh agus an dorchadas. Agus tha e a tighinn thugainne gu minic agus air ioma doigh ann an tiugh neul.

(1) Nach tric a thainig e dh' ionnsuidh a phobuill fhéin ann an neul trioblaid. Ann an tinneas agus an trioblaid, is minic a thainig e agus a nochd e dhuinn a lathaireachd agus a mhaiteas. Is tric a bha ar cridhe a lasadh agus ar spiorad a deanamh gàirdeachais agus sinn an neul tinneis is anmhuinneachd. Cha'b' ann aon-uair no dà-uair a dh' oibrich tinneas is bròn a chum maith do shluagh an Tighearna, agus sin le e-fhein a tighinn d'an ionnsuidh. A chairdean, is coir dhuinn a bhi ag amhare ris an Tighearna, ar Slanuighear is ar fear-comhair, ann an tinneas is am bròn o'n tha e-fhein ag radh; Feuch thig mi a' t' ionnsuidh ann an neul tiugh.

(2) A rithist is tric a thainig agus a thig e ann am bochdainn is an uireasbhuigh. An duirt an sean-fhacal, agus is fior e: "Thig Dia ri airc agus chan airc nuair a thig." Nuair a tha gainne is ganntar air daoine, an uair sin is minic a nochd esan e-fhein dhaibh le a bheannachd is le a phailteas, mar a rinn e do'n bhantraich bhochd de mhuinnit Sharépta. Nuair eil nithean a soirbheachadh leinn agus a tha camadh-sa-chrammchur againn is minic a thainig agus a thig esan anns an tiugh neul sin. A charaid, chan ann a mhain ann an soirbheachadh is an sòlas a thig esan a dh' ionnsuidh a

phobuill fhéin ach ann am bochdainn is am feum agus an uair a bhitheas camadh-sa-chrammchur aca. Feuch thig mi a' t' ionnsuidh ann an tiugh neul. Gu dearbh b'e an Slanuighear is am fear-comhair e.

(3) A chairdean ionmuinn, ma tha so fiòr agus thà, o'n chan'eil gin agaínn an so aig a' Bhord naomh nach d' fhuaire èolas air, 'na fhiosrachadh fhein, is ann a tha e fiòr da rìreadh gu bheil e tighinn thugainn ann an dorchadas a chroinn-cheusaiddh. Is ann 'na fhlangasan is 'na bhàs air a chrran a fhuaire sinne èolas gràidh siorruidh aircsan, agus a tha an gràdh is an èolas so air a mheudachadh dhuinn. Is ann 'san tiugh neul so a tha e a' tighinn dh' ionnsuidh mhòrain agus a toirt soluis is saorsa dhaibh. Thug e ar n-eallach is ar n-éire dhinn fo sgaile a chroinn-cheusaiddh; agus bheir bho gach anam a thig d'a ionnsuidh-san a tha air a cheusadh air an son. Agus bha dorchadas air an tir uile o'n treas gus an naodhamh uaire. Agus thubhaint an Tighearna: Feuch thig mi a' t' ionnsuidh ann an neul tiugh.

(4) Aon ni eile. Thig e do ar n-ionnsuidh ann an neul a bhàis. Seadh ged shiuhail mi troimh ghleann sgàile a bhàis, cha bhi eagal uile orm; oir tha thusa maille rium. Aig Dia is ro phriseil bàs a naoimh, oir thig e d' an ionnsuidh ann an neul a bhàis agus bheir e a steach iad do thigh nan ioma àite còmhnuidh comhla ris fhein.

*"Is maith am buachail an oidhche;  
bheir i dhachaidh gach beothach is duine."*

Feuch thig mi a' t' ionnsuidh ann an neul tiugh a bhàis agus bheir mi thu comhla rium fhein gu siorruidh;

*"Sin còmhnaicheam an àros Dé  
ri fad mo ré's mo lò."*

Agus sin uile troimhe-san a dh' fhuling am bàs air ar son agus 'n ar àite, agus a thainig thugainn ann an tiugh dhorchadas a chroinn-cheusadh. Gabhaibh ithibh is e so mo chorpa a tha air a bhiseadh air bhur son-se; deanamh so mar chuumhneachan ormsa; oir cia minic is a dh itheas sibh an t-aran so agus a dh' olas sibh an cupan so tha sibh a foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e air neulaibh a' t' ionnsuidh, a chum gu'n cluinn an sluagh an uair a labhras e riut, agus mar an ceudna gu'n creid iad thu gu siorruidh.

## Bas a' mhairtirich Policarp

NIALL MAC-AN-TUAIRNEIR, F.R.H.S.,

LOCH PORTAIN, AN UIDHIST A TUATH

'SMOCH a thoisich geur-leanmuinn an Saghaidh deisciobuil Chriosd.

Thoisich a' gheur-leanmuinn sin ann an

làithibh nan abstoil. Bu chompanach Policarp do dh'-Eoin, deisciobul ionmuinn Chriosd. Tha eachdraidh bàis an duine ainmeil, 's an

duine mhaith so, air teachd an nuas d'ar n-ionnsuidh ann an leabhraichean anns am faodar làn earbs' a chàramh.

Bha Policarp ceithir fichead 's a coig-deug a dh'aois 'nuair a chaidh a chuir gu bàs. Bha geur-leanmuinn eagalach aig an àm sin air éiridh ann am baile-mòr na Ròimhe an aghaidh gach h-aon bha giùlan ainn an t-Slanuighear. B'eiginn do Pholicarp am baile-mor fhàgail car tamuill, agus an dùthaich 'thoirt air, far an robh a chàirdean a tàmh, ann an dochas gu'n rachadh a gheur-leanmuinn seachad. Fhad 'sa bha e 'san àite sin, chuir e seachad 'uine gu leir ann an urnuigh, ag aslachadh sith agus sàmh-chair do dh'eaglais Chriosd. Tri laithean mu'n do ghlacadh e le'n nàimhdean guineach, tha-chair dha bhi na sheòmar, air a ghlùnaibh aig cathair gràis; àgus air ball mhothaich e solus dealrach mu'n cuairt da. Chunnaic e lasair, mar gu'm biodh i 'g eiridh as a leaba, is i'r a theine. Chaidh an lasair as. Dh'fhàg an duine naomha an seòmar; is air dha a chàirdean a choinneachadh, thubhairt e riutha nach robh feum dha bhi seachnad a bhàis 'bha feitheamh air; "oir" ars'esan, "tha mi tuigsinn gur h-e toil mo Thighearna gu'm bi mi air mo chuir gu bàs mar fhanuis air son creidimh Chriosd."

Rinn a chàirdean na b'urrainn iad chum a chleith 's 'fholach. Thug iad leò e do dh'aite eile; ach coma có dhiubh fhuaradh a mach e.

B'fhusarda dha teicheadh, n'am bu mhiann leis, ach 'nuair chual' e gu'n robh iad air a thòir, dh'fhan e, gun oidheirp air bith thoirt air an seachnad. "Toil an Tighearna," ars' esan, "gun robh diante." Dh'fhàiltich e 'nàimhdean gu suilbhìr, 's dh'orduich e biadh is deoch a thoirt dhaibh. "Cha'n eil mi ag iarraidh sochair air bith 'uaibh," ars' esan, "ach gu'n leigeadh sibh leam bhi aon uair an uaireadair a'n shèomar féin, gu urnuigh 'dheanamh."

Thug iad an cead so dha, agus shuidh a chàirdean maille ris. Thaom e mach a chridhe an sin ri Dia ann an urnuigh dhùrrachadh, air dhòigh a thaislach agus a leagh cridhe gach aon bha lathair.

Chuir cruth is coslas flaitheal an duine aogheal so, le chiabhan fada geal, 's e dluth do cheud bliadhna a dh'aois, seòrsa do sgàth air a nàimhdean, 'nuair chunnaic iad cho misneachail, dàna, earbsach 's a bha e, agus cho suarach mu na piantaibh eagalach bha' feitheamh air.

'Nuair b'éiginn falbh, ghabh e cead d'a chàirdean cho ciùin sàmhach 's ged a' robh e ri tachairt orra an ceann seachduin. Chàraich iad air muin asail e, agus dh' fhalbh iad air an t-slighe do'n bhaile-mhor. Thachair uachdran a' bhaile air ann an carbad, agus 'athair maille ris. Thug iad air Policarp tighinn bhàrr a bheothaich air an robh e marcachd, agus suisnidhe maille riutha 's a charbad.

"C'arson" ars' iadsan "nach àicheadh thu Criosd? C'arson nach aidich thu Caesar 'na dhia? Dean so," ars' iadsan, "agus tha thu tèruinte."

"Cha'n eil sin 'nam chomas" ars esan, cha'n urrainn mi; cha dàin leam; cha' n'eil a' chridhe agam." Chàin is smàid iad e mar amadan gun tuisge. Thilg iad mach as a' charbad e, measg nan clach, leis an do shiach e a shliosaid. Ach cha robh comas air; b'eiginn daimeachd agus coiseachd air aghaidh, bacach, leonta, brùite, truagh mar a bha e. Thugadh do dh'aite a mhargaidh e, far an robh anabarr sluaigh cruinn, a' faicinn nan cluithean bha 'dol air aghaidh, agus beathaichean fiadhaich a mortadh 's ag iteadh a cheile. Air dha bhi 'na sheasamh 'san àite eagalach so—fuaim is gleadhraich, is upraig mhallaichte air gach taobh dheth—chual 'e guth 'ard mòr o nèamh ag ràdh, "Bi fo dheagh mhisнич, a Pholicarp bi laidir; na bi fo eagal; seas gu duineil na chuirear ma d'choinneamh Chual iadsan 'bha dlùth dha na briathran; ach thug e féin 's na càirdean criosdail bha maille ris co 'uaithe thainig iad.

Chruinnich a nis anabarra sluaigh m'a thimchioll, 'nuair a chual' iad co bh'ann agus gu'n robh e ri bhi air a losgadh. Thainig maor mòr a bhaile, a dh'fheòraich dheth, "An d'tusa Policarp?" Agus air dha aideachadh gu'm b'e,— "Guidheam ort' ars' esan àicheadh Criosd, agus abair gur e Caesar a's dia. Mionnaich air Caesar; dean aithreachas, agus abair nach fear-leanmuinn thusa air Criosd. Cuimhnick gur duine aosmhòr thu; oir cha'n eil toil air bith agam-sa do chuir gu bàs, ma's urrainn domh."

Fhreagair Policarp, Cha'n àicheadh mi Criosd; cha'n urrainn mi. Cha mhionnaich mi air Caesar; bas no beatha cha toir ormsa sin a dheanamh."

"Mionnaich air Caesar," ars' am maor, "agus gheibh thu as." "Ne mise?" arsa Policarp "gu'n àicheunain-sa Cruisd! Ceithir fichead bliadhna a's còrr bho'n a dh'aidich mi e—o'n thug mi mi féin suas da, eadar anam agus chorp.

Cha d'rinn mo Shlànughear caomh eucoir, no ole, no dearmad, na deuchainn ormsa riagh; sheas e mi, agus seasaibh e mi. Ciamar is urrainn dhomh nis mo Righ agus mo Dhia dhi—chuimhneachadh?—esan a thainig o neamh g'am iarraidh—bhàsaich air mo shon agus dh'eirich air mo shon—tha nis, seadh nis féin a guidheadh as mo leth air deas-laimh 'Athair! Cha dean, cha dean. Eisd co mi—eisd m' aidmheil dheireannach. Is criosduidh mi.

"Thoir an aire," ars' am maor mòr, "ciod tha thu 'g radh. Tha beatheachain fiadhaich dlùth dhuit air an àm; tilgidh mi thu steach 'nam measg mar gél thu. Tha'n teine air fhadadh; tha'n lasair ag éiridh. Am meadhon

na lasaraich ud tilgear thu, ann an tiota beag, mar striochd thu."

Fhreagair Policarp, " Mo thruaighe ! tha thusa bagradh teine a lasas car tamull, 's a mhilleas a' chollunn air an àm ; ach tha thu aineolach air an teine nach smàlar, is nach gabh dol as gu dilinn na gu siorruidh—na lasraichean garg tha feitheamh air naimhdean Dhe. Na dean maille, cha dean do bhagraidean cùis." Air dha labhairt mar so, las aghaidh an duine naomha le dealas agus gairdeachas ard.

Faiceamaid a bhinn—Tha Policarp, an criosduidh ri bhi air a losgadh gu bàs. Thog an sluagh iollach gàirdeachas—"Tha Policarp—athair nan criosduidhnean—gu bhi air a losgadh!" arsa mile agus deich mile beul. B'e mian luchd—riaghlaidh a bhaile a thilgeadh measg nam beatheachain fiadhaich ; ach ghla-

odh an sluagh,—“ Loisgibh e ! lasaibh an teine ! ”

Thoisich Policarp beannachte ri 'aodach a chur dheth, cho socrach, ciùin, sàmhach, 's a rinn e riamh 'dol gu tàmh na leaba féin. Nuair bha iad dol 'g a thàirneachadh ri maide mor, air an robh iad r'a losgadh thubhaint e, " Cha ruig sibh a leas mo cheangal, cha ghluais mi. Tha Dia maille rium, a's neartaichidh esan mi ann an àm na deuchainn. Cha ghluais mi lamh na cas." Bha cuid do na braithrean criosduidh maille ris a gul 'sa caoidh ; ach labhair e riutha gu misneachail agus thog e an cridheachan.

An deigh dha ùrnuiigh dhùrrachdach a dheanamh, chàraich naimhdean an duine naomha so air teine ro-mhòr e. Cha chualas osna na glaodh. Ann an tìne ghearr bha chollunn 'na luaithre ach bha 'anam maille ri Dia ann an gloir.

## An Dileab a dh' fhag Criosd aig na Deisciobuil

AN T-URRAMACH IAIN MAC-A-PHEARSOIN, M.A., AN TIGH AN UILLT

THA e na chleachdadh aig móir shluagh an t-saoghail mun tig crioch am beatha tiomadh a dheanamh agus an euid de'n t-saoghail a roinn is fhàgail aig cairdean is luchd daimh.

Cha dean duine tiomadh ach duine aig a bheil a bheag no mhor air choireigin ri fhàgail as a dheigh. Tha na dileabaich air an cumntas fortanach ach glé thric tha e tachairt gu bheil airgiot a thig air neach mar sin air a chur gu mi-fheum, mar tha an sean fhacal ag radh " an rud a thig leis a ghaoth falbhaidh e leis an uisge—ach 'sé tha'n sin ach sgeul eile.

Ma theid dearmad a dheanamh dlùth chairdean an àm bhith deanamh an tiomnaidh bidh an ceol feadh na fidhle agus theid lamh a thoirt air lagh na rioghachd gus a dhearbhadh nach robh am fear-tiomnaidh aige fein, nuair rinn e dichuimhne orra-san.

Tha mi cinnteach nach nobh duine riamh air talamh na bu bhochda na Criosd agus roinn e na bh'aige air a Dheisciobuil. Cha robh tigh no fonn aige, oir dh' fhàg e an dachaidh as a dheigh agus chaidh e a mach lòm falamh a chum na h-oibre air son an d'thainig e dh' ionnsuidh an t-saoghail. Cha robh aite taimh aige ach ann an tighean choigreach no air na sleibhteann-dluth do'n bhaile. Thuirt e féin. " Tha tuill aig na sionnaich agus nid aig eunlaith an adhair, ach chan eil aite aig Mac an duine anns an euir e a cheann fodha."

Nuair thaining crioch a thuruis cha robh ni aige, cha mho bha eudach riomhach 'gu' chomhdach. Nuair fhuair e bàs air a' chrànn cha robh uime ach trusgan tana agus ghabh na saighdearan a cheus e sealbh as.

Bha e bochd da rireadh na chrannciar, cha robh ni de shaoibhreas an t-saoghail so aige,

agus an deigh sin uile chuimhnich e air a Dheisciobuil, agus cha d'fhag e falamh iad. " Tha mi fágail sithe agaibh," ars esan, " mo shith-se tha mi toirt dhuibh."

Feumaidh mar sin gu bheil da sheorsa de shaoibhreas ann, an saoibhreas sin a laimhsicheas agus a chosgus duine. Air am bi meirlich a sealg feuch am faigh iad cothrom air a ghoid, agus an saoibhreas sin nach gabh god agus air nach ruig meirg no leemann.

Thug Criosd do na Deisciobuil aige ni a b'fhearr gu mórr na or is airgiot. Tha cuimhne agaibh air leughadh ann an Leabhar nan Gniomharan mar chunnait Peadair is Eoin an duine bacach aig dorus an Teampuill ag iarraidh deirce. Thuirt Peadair ris, " Airgiot no òr chan eil agam ach an ni a tha agam bheir mi dhuit. An ainm Iosa Criosd O Nasaret, eirich agus imich." Dh' eirich e agus dh' imich e. Rinn ainn Iosa an ni nach b'urrainn ór no airgiot a dheanamh.

Nuair leughas tu eachdraidh a bheatha agus a ghabhas tu beachd air bheir thu fanear an t-sith iongantach a bha e a' sealbhachadh. Nuair dh'íarr an sluagh a chrunadh mar righ, cha do rinn e uaill mhor as an iarrtus, agus a' ris nuair ghlaodh iad ceus e cha robh e air a chur mun cuairt gu mor. Bha e gu ciuin ciallach mar bhàta air àcair ann an calla seimh.

Tha da sheorsa de shith ann, an t-sith sin a bhuiineas do'n t-saoghal so agus an t-sith a bhuiineas dòn t-saoghal a ta neo-fhaicsinneach. Tha e comasach do neach e féin a ghluaasad air a leithid de dhòigh agus nach teid e féin agus an Saoghal thar a cheile. Bidh an neach sin daonan ag amharc air na nithean a bhuiineas dha féin. Anns an doigh sin tha e comasach

dha moran a sheachnadh a chuireadh dragh air nan robh e an aghaidh an t-saoghal. Tha leithid sin de dhuine mar bhàta bhios daonan à sioladh an cois a chladaich agus a diultadh dol a mach do'n doimhneachd mhoir far a bheil na tuinn ag éiridh suas gu bras.

Seall a nis cho furasd 'sa bha e do Chriosd cumail a stigh air an t-saoghal agus a thoil a dheanamh ach chan ann air son sin a thainig e dh' ionnsuidh an t-saoghal. Bh' fhearr leis sith a bhi aige ri Dia na ris an t-saoghal a theid seachad. Ghlaodh an saoghal, "tha Deamhain aige," ach ghlaodh Dia "Is e so mo mhac gradhach." Ghlac an saoghal e mar ghadaiche ach fhirtheil ainglean Neamh dha.

Chi thu an da sheorsa sith air an do rinn mi luaidh ma sheallas tu air Criosd an lathair Philait. Bha fhios math aig Pilat na chridhe nuair chunnaic e Criosd na lathair nach robh e coireach agus nach do rinn e gniomh air bith a bha toillteanach air bàs ach bha eagal nan Iudhach air, agus eagal an Righ. Chual e na h-Iudhach a' radh "Ma leigeas tu as am fear so chan eil thu 'nad charaid do Chaesair." Cha bu dàna leis cur a mach air an t-saoghal.

Amhaire a nis air Criosd, bha tair air a deanamh air, agus masladh air a thoirt dha, ach bha moralachd na ghnuis agus cha robh eagal no fiamh air roimh dhuine sam bith. Bha sith Dhé aige. Air a chrann cheusaidh thug e beatha mhaireannach do'n ghadaiche a bha air crann ri thaobh.

Saoilidh daoine gur e ni iongantach a bh'ann gun d' fhuiling fear aig an robh a leithid de chumhaechd, mar dh' fhuiling e ann an Getsemane agus air Calbhari, ach is ann air son math dhàoine dh' fhuiling e na nithean sin agus bha sith Dhé ga chomhnadh gus an d' thug e suas an deo.

Tha feadhainn ann nach eil a' creidsinn anns an t-sith sin oir tha sith an t-saoghal aca agus cha d'fhuair iad riamh èolas air brò no air bàs. Ach cha mhair a chuis mar sin daonan Thig an latha fhathast nuair thig calldachd is bochdaimn 'nan rathad agus teichidh sith an t-saoghal so air falbh. Thà'n t-sith so coltach ris a chuan mhór, aon latha bidh fiath nan ian ann agus an ath latha bidh e troimhe cheile 's e 'g eiridh suas na chaoiribh geala.

Smuainich air na Deisciobuil aig Iosa 's iad cruinn anns an t-seomar uachdrach air an oidhche ud. Labhair Criosd cho coibhneil riutha agus dh' fhàg e a shith aca.

Bha e a' dealachadh riutha agus bha aca ri dhol a mach leo fein. Bha iad a dol a mach do dhorchadas an t-saoghal agus a measg naimhdean, ach bha sith aca nach b' urrainn an saoghal a thoirt uatha.

"Tha mi fagail sithe agaibh; mo shith-se tha mi toirt dhuibh, chan ann mar a bheir an saoghal tha mise toirt dhuibh."

Sin mata an dileab luachmhor a dh' fhàg Criosd aig a Dheisciobuil mún d' fhàg e an saoghal.

## Màthair na Creud

LE R. D.

**A**N cuala sibh guth riamh air màthair na creud? Cha chuala mise ionradh orra gus an d' fhuair mi eòlas air bean chòir a mhuimhtr an Eilein.

Bha cuid de na foclán nach ro i gle chinnteach asda, gu àraidh anns an t-sreath mu dheireadh.

an Ath-Leathain. Tha sin fad bho Loch Snisort. An déigh dhoibh ionradh mile a choiseachd, thubhairt Mairi ri mo mhàthair, "thoir dhomh fhéin an leanabh, 's thusa sgith."

Rinn ise sin. Lean iad romhpa agus an oidhche a tighinn, gus an do ràinig iad àite uaig-neach far an bithte a faieinn rudan. Chunmaic iad gun teagamh ni eigin mór a teachd 'nan còmhaghàil.

"Thoir dhomh fhéin an leanabh, a Mhairi."

Cha toir, arsa ise. Tha e cho tearuinte agam fhéin agus a bhitheadh e agadsa. Ma mharbhas an rud a tha ann mise marbhaidh e thusa."

"Ma ta," fhreagair Caristiana, an treas te, "thoir dhomhsa am bata, agus rachamid air adhairt ann an neart an roinn so."

Tha angeal Dhe a' campachadh  
Mu'n dream d' an eagal e  
G'am fuasgladh is 'gan teasairginn  
O'n trioblaidibh gu léir.

"Creideam's an Athair uile threun,  
A thug do'n chruinne-ché a bhith;  
A chruthaich nèamh us talamh trom,  
An cuan agus am fonn fa' leth;  
Creideam ann an Iosa Criosd,  
Aon-mhac siòrruidh Dhé na glòir.  
A dh' adhlaiceadh 's a luidh san uaigh,  
'S a dh' eirich 's a chaidh suas gu néamh,  
'S a tha air deas làimh an Athair a' tamh,  
Gus am pill e nuas fa-dheòidh,  
A thoirt breth air beò 's air mairbh,  
"Maranat" o shuas : gu ma amhluidh a bhitheas."

"Innsidh mi dhuibh naigheachd bheag air an mhnaoi aosda dhàll bho'n d' fhuair mi Màthair na Creud."

Ghabh iad greim air gàirdeanaibh a cheile agus chaidh iad air adhart a' déothal as an rann a thug Caristiana dhoibh. Mar bu dluithe a

"Gle mhaith," fhreagair mi.

"Nuair a bha mise sia miosan a dh'aois, dh'fhalbh mo mhàthair, agus mise na h-achluis, maille ri dithis mhathan òga eile gu òrduighean

bha e teachd orra's ann bu mhò bha e fas, gus mu dheireadh am faca iad dà adharc mhòr ard. Cha robh teagamh nach e an droch aon a bha ann, ach ann an creidimh chum iad rompa. Gu sàmhach seachad ri'n taobh chaidh duine air muin eich, agus damh mór féidh marbh aige

air a bheulaibh. Nach ann aig na mnathan òga a bha an creideamh, nuair a chaidh iad a choinneachadh an ni a bha dùil aca a b'e Satan? Cumaidh ni as lugha na sin cuid as an eaglais an diugh. 'Se sud an seòrsa bho'n d'thàimig na Gàidheil.

## Aig an Uinneig

### An fheadhainn nach maireann

**B**HO chionn ghoirid thàinig am bàs air triùir mhlinistearan Gàidhealach air an robh móran de luchd-leughaidh nan duilleagan so eòlach, Paruig Mac Griogair, an Daoghal; Gilleanasbuig Mac Leòid, a bha uine fhada anns an eaglais Shaoir an sgìr an Lagain; agus Dòmhnull I. Mac Aonghus, am Bun-Ildh. B'aithne dhomh Gilleanasbuig Mac Leòid an uair a bha e anns a' Chollaist an Dùn-éideann, bliadhnaich air thoiseach orm, ach ged chaill sinn sealladh air a chéile an déidh dha Collaist na h-Eaglaise Saoire fhàgail, bhithinn a' cluinntinn ionraidih air an dràsd's a' rìs, is bha fhios agam gu robh meas air mar mhiniestear soisgeulach agus mar dhuine còir.

Tha an leabhar anns am faighear cunnatas air ministearan na h-Eaglaise Saoire cho truagh lom's nach 'eil ann mu Ghilleasbuig Mac Leòid ach "gu'n do rugadh e an siorrachd Ionar-nis agus gu robh e air a shuidheachadh an Ath Tharracuil an 1899."

Chan 'eil cuimhue agam c'uin a chaidh e do Bhàideanach, ach is ann an sin a choimhlion e a' chuid a b'fheàrr d'a mhiniestrealachd. As an Lagan chaidh e gu coimhthional Beurla, an Eangaidh, is shaothraich e an sin gus an do leig e dheth a dhreuchd bho chionn bhliadhnaichan, an droch shlàinte. Is e Uidhisteach a bha ann a thaobh a dhùchais.

\* \* \* \* \*

Is e Peairteach a bha am Paruig Mac Griogair; rugadh e am Fèàrnán. Bha e air oileanachadh an sgòil Raining an Ionar-nis agus am Oil-thigh Dhùn-éideann; air a shuidheachadh an Gleann

Comhann an 1891; an Asaint an 1896; an Tobar Mhoire an 1898; an Cnoc Mhoire an 1907; agus an Daoghal an 1912.

Bha e'n a sgoilear maith agus 'n a dhuine maith; ciùin agus iriosal agus faiceallach 'na ghiùlan agus 'n a sheanchas. B'fhiach a shear-moim éisdeachd riu, ach bha aon phasan aige nach robh maith, bhiodh e a' dùnadh a shùl anns a' chùbaid an àite sealltuinn air daoine an clàr an aodainn.

\* \* \* \* \*

Bhuineadh Mgħr Mac Aonghus do na Hearadh. Shaothraich e an Ille; an Cille Chuimein; anns a' Chnoc Bhàn; an Ullabul; agus anns na mìosachan mu dheireadh d'a bheatha am Bun-Ildh, far an do chaochail e gu h-obann. Bha e mó agus gasda 'n a phearsa, 'n a shearmonaiche soisgeulach, agus 'n a dhuine coibhneil. Bho chionn bhliadhnaichan cha robh a shlàinte ro mhaith, ach an déidh dha sgìreachd throm Ullabul fhàgail chaidh e na b' fheàrr, is thòisich e air obair a ris, ach thàinig a' chrioch gu grad air.

### Litreachadh na Gàidhlig

A thaobh 's gu bheil ainm is àite-seasaimh dhaibh féin aig gach aon de'n fheadhainn a tha a' sgriobhadh anns na duilleagan Gàidhlig air a' mhìos so tha mi a' fágail nan sgriobh aidhean sin mar bha iad air an ceartachadh air son a' chlò leò féin. Tha mi 'n an comain air son beagan fois a thoirt dhomh mu làithean na Blàdhna Uire, agus a' toirt móran taing dhaibh an dòchas gu'n toir iad dhuinn an tuill-eadh uair-eigin eile.

## Laoïdh Comanachaïdh

**N**uair dhearcas mi air crann nam buadh. Air an do cheusadh Rìgh na Glòr, Measam gach buannachd mar nì truagh, 'S is tàir 's is fuath leam m' uabhar mór.

Gu'n deanainn uaill, nar leigeadh Dia, Ach an crann-ceusaidd Chriosd 's 'na ghràs; 'S gach ni air am bu mhò mo mhiadh, Làn stricheadam e d'a fhuil 's d'a bhàs.

Gach làmh, gach cas, a cheann, 's a chliabh Tha 'sileadh bròin, le gràdh d'a réir; Gràdh 's bròn cho mór am facas riamh, No crùn cho briagh de dhroighionn geur?

Ged a bu leam air 'fhad an saogh'l, Bu thiodhlac e gu tur ro chriòn; Bu neo-ni truagh mar dhòl d'a ghaol Mo bheatha, m'anam, is gach sion.



## Na's Maisiche na clann nan daoine

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., HACRAIG

*"Glòir Dhe ann an ghnùis Iosa Criosd."*—2 COR. iv. 6.

**I**S e aon deagh chombarradh air ar ginealachd-  
ne gu bheil móran 'n ar measg a tha gabhair  
tlachd ann an eachdraidh agus ann an seanchas  
nan aimsirean a dh'fhalbh, agus gu h-àraidh  
ann am beatha agus an gníomharan nan curaidh-  
can, nam feallasanach, agus nam fàidhean, a  
bhuannaich clù 'n an linn fhéin. Agus, ann am  
beachd leughadair an latha 'n diugh, chan'eil  
an t-úghdar acli' a' tighinn goirid air a dhleas-  
danas mur toir e dhuinn, chan e a mhàin deagh  
chumtas air euchdan agus inntinn a chuspair,  
ach còmhla ri sin, iomradh mionaideach air  
coltas a ghnùise agus cumadh a phearsa. Is  
toigh leinn fhaotainn a mach an robh e àrd no  
goirid, caol no reamhar, tlachdmhor 'na aghaidh  
no suarach 'na chumadh. Tha an t-úghdar mar  
is trice a' deanamh oidhrip dhileas air son am  
miamm nàdurrach sin a shàscadhach, agus tha  
calantas an dealbhadair a' toirt còmhadhod  
de pheann an sgrìobhadair. Tha sinne cho eòlach  
air aghaidh Ualter Scott agus Gladstone is a  
tha sinn air ghnùis ar nàbuidh an ath dhorus.

'Nuair a leughas sinn na Sgriobtuirean, chan  
fhaigh sinn nì dheth sin. 'Na phearsa, dé seorsa  
duine a bha ann an Abraham, no ann am Maois?  
An robh Isaiah cho rioghail 'na ghnùis 's a tha  
e mòralach 'na bhriathran? Co aige a tha  
brath. Cha robh suim aig seanchaidhean Israel  
anns na nithean sin. Ni mo gheibh sinn anns  
an Tiomadh Nuadh cunnatas air pearsa an  
t-Slànuigheir anns an fheòil. Rinneadh am  
Facal 'na fheòil agus dh' amhaire na h-abstoil  
air glòir na feòla a bha còmhodach Facal Dhe.  
Ach cha do fhreagair na h-abstoil a' cheist a bha  
agus a tha ann an cridhe mhóran, "Dé bu  
choltas do Iosa nuair a bha e air an talamh?"

Chan urrainn dhomh a chreidsinn gu bheil  
mearcadh ann a bhi ag iarraidh soluis air a'  
chùis sin. Faiceamaid, mata, an gabh oidhrip  
deanamh a' cheist sin a fhreagairt.

Bha faidhean Israel a ghnàth a' feitheamh ri  
teachd a' Mhessiah. "Oir gu deimhin tha mi  
ag ràdh ruibh gu'm b'iomadh faidh agus firean  
leis am bu mhiann na nithe so fhaicinn a tha  
sibhse faicinn agus nach faca iad." Ach ged  
nach robh an sealladh agus an eisdeachd sin air  
a bhuleachadh orra gu corporra, thug an  
Spiorad Naomh dhaibh léirsinn agus claiseachd  
eile mar ghealladh agus mar chomharradh air  
na nithean a bha ri teachd.

Agus anns an 45mh Salm, tha an Salmadair

ag ràdh: "Is maisiche Thu na clann nan  
daoine; dhòirteadh gràs ann ad bhilean;  
crioslaich do chlaidheamh air do leis, O ghais-  
giech; le d' ghlòir agus le d' mhórachd; de  
mhùrr agus de àlos agus de chassia théid faile  
o d'thrusgan uile," Bithidh am Messiah dreach-  
mhor 'na phearsa, aillidh 'na ghnùis, òirdhearc  
na thrusgan, sònruichte am measg dheich  
mile.

Tha Isaiah a' toirt dealbh eile. "Is co mhòr  
a' mhi-mhaise a rinneadh air aghaidh seach  
aghaidh duine; agus air a dhreach seach dreach  
chlann nan daoine." "Cha robh dreach no  
móralachd aige, gu'n amhaiceamaid air; ni mò  
bha maise aige, gu'n gabhamaid tlachd ann.  
Tha e air a dhimeas . . . lotadh e . . . tha e  
air a chlaoïdh." An e so an Righ glòrmhor agus  
maiseach, a tha marcachd air aghaidh gu buadhach?  
An gabh e bhi gu bheil sinn ag amharc  
air an aon ghnùis anns an dà dhealbh sin?

Anns an rannsachadh so, chan fhaigh sinn  
móran soluis o na Soisgeulaich. Tha sinn a'  
faireachduinn gu'm bheil sinn an làthair Neach  
a tha tarruing d'a ionnsuidh fhéin gràdh agus  
creideamh mhóran, agus air an làimh eile a tha  
co-eigneachadh eagal agus ball-chrithe ann an  
eridheachan dhaoine eile. Thig a' chlann bheag  
d'a ionnsuidh gu subhach ait; tha saighdearan  
an Aird-Shagairt a' tuiteam gu lär 'nuair a  
labhras E "Is Mise E." Tha na Soisgeulaich a'  
mothachadh mar a bhiodh E a' tionndadh air  
son amharc timchioll air an t-sluagh, mar a  
bhiodh E a' togail a shùilean ann an ìrnuiigh,  
agus gu h-àraidh am modh anns am biodh E a'  
glacadh an arain an déidh buidheachais, 'ga  
bhriseadh agus 'ga roinn 'n am measg. As  
déidh na h-aiseirigh, cha d' aithnich Cleophas  
agus a chompanach E gus an do ghabh E an  
t-aran 'na làimh 'ga bhriseadh. Ann an ciad  
linnteann na h-eaglais, bha dà bheachd a' faontain  
creideas a thaobh na ceiste so. Tha fear de  
sheanairean urramach na eaglais d'am b'ainm  
Justin Martyr ag ràdh. "Cha robh grinneas  
sam bith ann an aodann an t-Slànuigheir. Cha  
robh maise 'na ghnùis. Cha robh E ach mi-  
thlachdmhor 'na chumadh."

Bha feallasanach pàganta bèo anns an  
treasamh linn d'am b'ainm Celsus; tha e ain-  
meil air son an naimhdeas a nochd e do'n  
chreidimh Chriosduidh agus a chionn gu'n do  
sgrìobh Tertullian an aghaidh a bheachdan.

Arsa Celsus : " Tha e air aithris nach robh E (Iosa) ach 'na dhuine beag, agus gu'n robh a ghnùis mi-mhaiseach." Agus tha Tertullian fhéin, fear-lagha tapaidh a bhuiineadh do Africa a Tuath agus a bhuanneach ainm agus clù air son a bhi dion a' chreidimh Chriosduidh ri linn na geur-leamhuiinn, a' cur briathran dorcha an t-Salmadair (S. 22) air bilean Chriosd. " Ach is enuimh mise agus cha duine, masladh dhaoine agus tair an t-slaugh." Air an làimh eile bha móran de'n bheachd gu robh Criosd sgiamhach 'na phearsa agus aillidh 'na ghnuis ; a' creidsinn gu'n deachaidh briathran an t-Salmadair a choimhlionadh gu litireil agus gu robh E na's maisiche na clann nan daoine.

Chaidh an làmh-sgriobhaidh ris an canar " Litir Lentulus " a chur ri chéile timchioll air annaodhеamh linn, ged abha daoine a' creidsinn air sonceudan bliadhna gu'n deachaidh a sgríobhadh le neach a chumnaic Iosa anns an fheòil. Ach is maith dh'fhaoidh te gu'n robh an sgríobhadair ag uisneachadh éolais a thàinig d'a ionnsuidh tre na ginealaich. Arsa " Litir Lentulus " ; " Bha È de'n àird choitcheann ; a réir cleachdadh na Nasaratach bha fhalt air a roinn anns a' mheadhoin agus air a chumail gu òrdail minn sios seachad air a chluasan, ach fodhna sin, tha fhalt a' tuiteam 'n a chiabhagan dualach timchioll air a ghuaillean ; tha barran an fhult na's soilleire na chuid eile, agus a' dealradh le lainnir theinnteach òr-bhuidhe ; tha a mhala scèimh siobhalta agus ciùin ; tha a shuilean dubh-ghorm agus tha an tuar a' caochadh gun stad. Tha È uamhasach 'na fheirg, truasmhor agus coibhneil 'na bhriathran, subhach agus toilichte 'na ghiùlan. Air uairean bitidh E a' gul ach riamh chan fhacas E a' deanamh lasgan gàire. Annans chaidh briathran an fhàidh a choimhlionadh, " Tha Thu na's maisiche na clann nan daoine."

Tha cupan airgid an diugh ann an America a b'abhaist a bhi ann an seann eaglais Antioch anns na ciad linntean ; tha sgoilearan àraidh am beachd gu'n deachaidh an cupan sin a dhealbh anns a' chiad linn 'nuair a bha iad fhathast beò a chumnaic Iosa anns an fheòil. Agus air taobh a muigh a' chupain sin tharruing am fear-ceaird dealbh a tha nochdadh dhuin deichnear de na h-abstoil agus am Maighistir 'n am meadhoin. Chi sinn duine goirid dùmhail ; tha an ceann mór agus a mhala àrd ; tha an lethcheann trom tiugh ; na

bilean tana agus am beul dùinte. Chan'eil maise shòruichte sam bith ri fhaicinn, ach arsa fear a chumnaic an cupan, " Chan urrainn dhomhsa innseadh 'n am bhriathran bochda fhéin dé'n àillidheachd spioradail a tha còmh-dach na gnùise sin." Tha fear eile ag ràdh, " Cha b'urrainn dhomh amharc ro-fhada, oir bha na deòir a' dalladh mo léirsinn."

Am bheil urras againn gu bheil a h-aon de na dealbhan sin a réir na firinn ? Cha toir mise freagart do'n cheist sin. Ach tha so cinnteach gu leòr. Is ann a reir cor agus uireasbhuidh ar n-anma a tha Criosd 'ga fhoillseachadh fhéin do gach neach. Thàinig an sgeul so a nuas o shean agus tha i fior ann am modh spioradail. Nochd Criosd E fhéin as déidh na h-aiseirigh do bhuidheann bheag de na deisciobuill. Arsa Eoin, " Tha mise a' faicinn seann duine agus feusag thigh liath air." Arsa Seumas, " Tha mise a' faicinn duine òg treun." Arsa balach beag a bha còmhla riu " Tha mise a' faicinn leanabh maoth."

Tha aon neach a' faicinn an Fhàidh a tha foillseachadh ruintean diomhair Dhe. Tha neach eile a' toirt a ghràidh do'n Ard-Shagart a choisrig a chorp fhéin air a' chrann mar iobairt air son peacaidhean an t-saoghal. Do neach eile tha e' ga nochdadh fhéin na Righ os cionn gach Rìgh, agus mar Thighearna os cionn gach Tighearna. Tha an treud bheag ag aithneachadh an deagh Bhuachaille. Tha na daoine amhgarach ag aithneachadh an Lighiche Math. Tha esan a tha cosnadh aran làitheil le fallus a ghnùise a' toirt urram do shaor Nasaret. Tha an sluagh aingidh a' coinneachadh a' Bhireithimh Ceart. Agus gu h-àraidh tha gach peacach truagh a tha tionndadh air falbh o a pheacadh le cridhe briste agus le spiorad bruite ag ionnsachadh gur E so Uan Dhe a' tha toirt air falbh peacaidhean an t-saoghal. " Glòir Dhe ann an gnùis Iosa Criosd." " Co mhór am milleadh a rinneadh air aghaidh seach aghaidh duine." Is e ar peacaidhean a b'aobhar do'n mhilleadh sin. Creuchdan Iosa Criosd ; is e ar làmhan a lot e.

Ach nach eil an aghaidh mhillte, an corp briste, na creuchdan uamhasach, na's maisiche ann an sùilean Criosduidh na maise nàdurra a chumnaeas riamh air an talamh. Ann an t-seadh is àird " Is maisiche E na clann nan daoine ; tha E sònruichte am measg dheich mìle."

## Ceann Caorach

AIR A DHEASACHADH LE M. C. R.

CHA robh céilidh againn bho chionn sia ùmiosan. 'S i mo bharail fhéin gu 'n robh an uine sin ro fhada gun chòmhradh Gàidhlig a bhi againn. Bha am Fear-lagha de 'n aon bheachd

rium, ach 's ann mar a bha a' chuis gu'n robh an Sgoilear agus an Dotair ro thrang mu nithean eile.

Tha iad 'n am buill de 'n Chomunn Sean-

aimsireil (*Antiquarian Society*), agus mar is sine a tha iad a' fàs, 's ann is eudmhoire a tha iad mu na nithean a bhuineas do 'n chonumm sin.

'S an earrach so chaith fhuair an Sgoilear a mach, air sliabh aig cùl a' bhaile, àite ris an abair na feallsanaich "Raised Beach," agus a h-uile latha math a thigeadh, chiteadh an Sgoilear moch is amnoch a' ruamhar's a' rùrach feadh na talmhainn. 'S ionadh uair a thachair mi air a' tighinn dachaithd 's an fheasgar, spaid bheag fo achlais, agus a phòcanna lan de sporan agus cinn shaighead, agus an leithid sin.

Tha e ag ràdh gu'n do rinneadh an acfhuinn sin leis na daoine beaga a bha còmhnuidh anns an àite bho chionn sia no seachd mìle bliadhna. ('S ann aig an Sgoilear fhéin a tha an t-eòlas !)

Agus tha an Dotair neo-ar-thaing ris an Sgoilear a' rannsachadh eachdraidh an áma bho shean. Ma thachras tu ris a' tighinn dachaithd aig beul na h-oidhche, faodaithd tu bhi cimteach gu bheil seann bhràth, no iarmad eile de na linntean a dh' fhalbh, aige's a' charbad-ola, oir tha an Dotair a' rannsachadh a h-uile làrach caisteil, no seann eaglais, no cill's an dùthaich, agus a' cur gach ni príseil a gheibh e fo chùram an Tigh-ionganais 's a' bhaile, far am bi iad gleidheteach, teàruinnt.

Thug an Dotair barr air an Sgoilear, oir thàinig e air seann làrach Manacháinn, 'nuair a bha e a' cladhach ann an gleann air chor-eigin, agus bha e glé mhór as, oir cha robh fios aig duine 's an dùthaich gu'n robh a leithid de ni riagh 's an àite.

Thug e cunnitas anns a' phaipeir-dhùthchайл mu eachdraidh nan seann togalaichean sin, agus an déidh beagan uinne thòisich litrichean air tighinn thuige o gach oisinn de 'n t-saoghal. So mar a thòisich aon dhùibh :—

"O 'n a tha sibh cho mion-eòlach air eachdraidh na sgìreachd, bhithinn fada 'n 'ur comain na 'm biodh sibh cho math agus innseadh dhomh mu dheighinn mó sheana-mhathar a bha fuireach 's an àite bho chionn ceud bliadhna. . . .!"

'S ionadh uair an uaireadair a chuir an Dotair seachad a' freagairt nan litrichean.

Ach mu dheircadh thall, o 'n a thàinig an geomhradh, dh' aidich an Sgoilear's an Dotair gu'n robh iad ag ionndraim na Gàidhlige, agus chruinnich a' bhuidheann bheag againn air chéiliadh air oidhche Di-màirt so chaithd. Ach ma chruinnich, chaithd an deagh għreis seachad mu'n do ràinig sinn cùis aobhar na céiliadh. Thòisich an Dotair agus an Sgoilear air bruidhinn 's air bruidhinn anns a' Bheurla, mu na "Cistercians" agus na "Cluniacs," gus mu dheireadh an do thionndaidh aon Fear-lagħa riū agus an d' thubhairt e's a' Ghàidhlíg, "Agus ciod e do naidheachd an nochd ?"

"Ma ta," arsa mise, "Si mo naidheachd gu'n do chruinnich sinn an nochd air sgàth na

Gàidhlige, ach a réir coltais tha a' Bheurla air tolladh a steach,—aig an ruith so cha bhi cor na Gàidhlige aeh bochd gu leòir. B' fheàrr dhuinn a bhi 'n ar suidhe mu'n cuairt air a' bhòrd air cathraichean cruaidh agus tòiseachadh as ùr air dol troimh 'n *Għrammar*."

Ge b'e ainnm a their sibhse ri dol troimh 'n *Għrammar*, ars' an Dotair, "cha'n e Céilidh a theirinn-sa ris, ach thug an *Grammar* sgeul mhath 'n am chuimhne, agus innsidh mi dhuibh i ma thogras sibh."

"Glè mhath, air 'ur n-agħaidh," arsa càch, toileach gu leòir an *grammar* a sheachnad.

\* \* \* \* \*

### An dòighean diomhair

O chionn bliadhna no dhà, mar is aithne dhuibh, chaithd ar bana-charaid Sine Nic Iain air sgrìob do na h-Innsibh a dh' fhaicinn a bràthar. 'Nuair thaing an t-àm gu tilleadh dhachaithd thachair gu'n robh làithean-féille aig a bràthair agus għabb e fhéin agus a bhean an turus còmhla rithe.

Am measg an luchd-turus air a' bhàta bha boirionnach d' am b' ainn Bean Chananaich—té àrd-ghutħach, fad-theangach. Aig àm bħid, shuidh i aig an aon bhòrd ri Sine 's a càirdean, agus bħiġd i a' bruidhinn fad na h-ùne.

Dh' ēisd Sine gu modhail ri a euid seanchais fad latha no dhà, ach an déidh sin, mhothaich i i féin mar gu'm b' eadh ag ēisdeachd, gun a bhi gabail a steach aon fhacal.

Latha de na làithean, a' dlùthachadh ri *Marseilles*, agus iad aig an tràth-maidne, bha Bean Chananaich a' bruidhinn gu h-àrd mar a b'abbaint mu iomadh rud, aig aig an àm so dh' fhan aon ni a thubhairt i ann an inntinn Sine, agus b'e so e, "B'e mo sheanair a sgrìobh a' cheud *grammar Tamil*."

Chaidh Sine agus a càirdean air tir aig Marseilles. Chuir iad seachad an latha a' dol bho àite gu àite feedh a' bhaile, agus mu dheireadh chaithd iad gu tigh-ċċda airson an dinnearach. Shuidh iad aig bòrd beag ann an oisinn an t-seòmair, agus thug iad fainear duine òg gasda 'na shuidhe aig bòrd eile dlùth orra.

Cha robh iad fada 'nan suidhe gus an d'thàinig an duine òg far an robh iad.

"Le burh cead," ars' esan, "thig mi a dh', ionnsuidh a' bhùiird agaibhse. Tha mi cho toilichte a bhi cluimtinn fuaim na Beurla."

"Se 'ur beatha," ars' iadsan, agus an déidh beagan còmhraidih dh' fħeoraich Sine dheth, "An ann do Shasunn a bhuineas sibh ?"

"Cha'n ann," ars' esan "tha mi direach air tighinn bho Astralia, ach rugad is thogadh anns na h-Innsibh mi. Bha m'athair agus mo mhàthair 'n an teachdairean an t-soisgeil an sin. B'e mo sheanair a sgrìobh a' cheud *Grammar Tamil*."

Cha d'thubhairt Sine diog aig an àm ach air

dhaibh dol a mach as an tigh-òsda, cò thachair orra ach Bean Chananaich a' tighinn a steach a ghabhail a dinnearach.

"Rachaibh a steach do 'n t-seòmar sin," arsa Sine rithe, "agus chì sibh duin-uasal òg a tha ro chàirdeach dhuibh."

"Cha 'n 'eil mi 'g 'ur tuigsinn," arsa Bean Chananaich. "Cha 'n fhaod sin a bhi, oir cha 'n 'eil càirdean dlùth agamsa ach aon teaghlaich ann an Astralia, agus cha 'n fhaca mi 'aon diubh riaghach."

"Rachaibh sibhse a steach," fhreagair Sine, "agus chi'sibh aon diubh a nis. Nach do dh' innis sibh dhuinn an diugh fhéin gu 'm b'e bhur Seanaid a sgriobh a' cheud *ghrammar Tamil*? Ma ta thubhairt an duine òg an nì ceudna."

Chaidh Bean Chananaich a steach agus fhuair i a dàimheach, ceart mar a thubhairt Sine.

\* \* \* \* \*

### Lus-a-phigidh-uisge

Chaidh an Dotair air aghaidh, "Tha aon rud a' cur rud eile a'm chuijmhe, tachartas a cheart cho neònach a thaobh bràthar Sine. Bha e ann an dreuchd àrd-oileanachaидh ann an Assam, agus aig àm sònruichte de 'n bhliadhna bhiodh e a' dol air thurus am measg nam bailtean beaga a' ceasnachadh nan sgoiltean.

Bhiodh daonnan cuideachd de *Choolies* còmhla ris, agus stadaradh iad gach feasgar faisg air clachan air chor-éigin, agus champaicheadh iad ann an ionad freagarrach.

Air oidhche àraidh, agus iad a' gabhail an turuis, thàinig iad gu seann bhòthan fiodha. Bha am bothan falamh, agus ghabh iad tàmh ann.

An déidh na suipearach, ghabh Mac Iain sràid feadh an àite mu 'n cuairt. Thug e fainear lus àraidh a chuir ionghnadh air gus an do thuig e ciod a bha aige—lus-a-phigidh-uisge (*nepente*). Tha an lus so g'a chumail fhéin leth-làn de uisge anns aon bheil e a' ribeadh chuireag agus a' beathachadh orra.

Ged nach robh e 'na lusadair sgileil chuir e seachad àine mhór a' sgrùdadh 's a rannsachadh a' phlannda, an dràsd 's a rithist ag ràdh ris fhéin, "Nach truagh nach robh duine foghlumite an so, a dh' innseadh dhomh a h-uile ni mu 'n phlannd so!"

Thill e do 'n bhòthan is ghabh e mu thàmh.

Tràth 's a' mhàduinn chuir e na *Coolies* air falbh air thoiseach air. Bu mhath a b' aithne dha, mur deanadh e sin, gu 'n teicheadh iad, no gu'n rachadh iad air seachran, no gu'n tòisicheadh iad air opium a smogadh.

Sin e, ma ta, 'na aonar anns a' bhòthan, agus sùil d'an d'thug e, chunnaic e ann an cuil dhorcha tòrr de phaipearan air an còmhachadh le stùr. Dh' éirich e agus thog e fear dhuibh.

Ciod e bh' ann ach "The American Journal of Science." Dh' fhosgail e e air tuiteamas, agus chunnaic e fa chomhair a shùl dealbhan an *nepente* air an dathadh gu grinn, agus a h-uile ni mu dheighinn air aithris agus air a mhìn-eachadh."

\* \* \* \* \*

### Sgeul an Sgoileir

Am feadh 's a bha an Dotair a' bruidhinn, mhothaich mi gu robh am Fear-lagha agus an Sgoilear ann an trom smuain. Thuig mi gu math gu robh iad a' rannsachadh an eanchainnean a sreachd sgeulachd, air eagal gu'n tigeadh orra an teine agus an smogadh agus na cathraicean comhfurtachail fhágail, gu ionnsuidh a thoirt air a' *ghrammar*. Cha bu luaithe a sgur an Dotair na thoisich an Sgoilear.

A' bruidhinn air tachartasan iongantach, bheir mise dhuibh sgeul eile, agus 's ann mu na h-Innsibh a tha i cuideachd. Bha aon uair ann maraiche d'am b' ainnm Benson. Thachair, mu 'n àm air am bheil mi labhairt gu'n robh am bàta 's an robh e 'na fhòglumach-ceirde a' dol suas an amhainn Hoogli gu Calcutta. 'S aithne dhuibh gur cunnartach an amhainn i do mharaichean, làn oitirean agus amaran caola ioma-lùbach. Tha aon chaolas na 's miosa na càch ris an can iad "Seumas agus Mairi," agus is éiginn do na h-uile bàta fear-iùil dùthchasach a bhi air bòrd a chum a stiùradh gu sàbhailte.

Air a' bhàta air an robh Benson òg bha balach mu sheachd bliadhna deug a dh' aois còmhla ris an fhear-iùil. Nuaир a bha iad a' dol troimh 'n chaolas bha am fear-iùil aig a' chuibhil, an sgiobair ri thaobh, agus am balach òg an toiseach a' bhàta a' tilgeil na luaidhe. Bha Benson aig deireadh na luinge a' réiteachadh 's a sgiobadhach acfhuinn na luinge.

Gu h-obann thàinig sgaoth sheilleanan o bhruaich na h-aimhne. Thug iad ionnsuidh air Benson. Ruith e an sud agus an so, 'g an seachadh. Chunnaic e dòrn-leus, ghlac e e, las e e, agus stob e e ann an teas-meadhon an sgaoth. 'S ann air an luing sin a bha an úpraid. Sgaoil na seilleanan agus chaidh an ceòl air feadh na fidhle. Lot iad muintir na sgioba thall 's a bhos, agus a h-uile duine air bòrd 'na dheann-ruith bhuapa. Ràinig iad am balach aig toiseach na luinge. Chlaoiadh iad e cho goirt 's gu'n do leum e thar cliaithaich a' bhàta. Chaidh e as an t-sealladh, agus bha a h-uile neach a' smaointeachadh gu 'n robh e air a bhàthadh no air itheadh le uile-bheisteann na h-aimhne.

Chaidh na bliadhna chan seachad. Rinn Benson gu math agus fhuair e dreuchd sgiobair air bàta a bha seòladh eadar Liverpool agus na h-Innsean.

Latha bha e dol suas an Hoogli, agus mu'n do ràinig e "Seumas agus Mairi," bha e fhéin

agus am fear-iùil dùthasach a' gabhail an dinnearach còmhla.

Dh' innis Benson dha mar a thachair a thaobh an sgoath sheilleanan iomadh bliadhna roimhe sin, agus mar a leum am balach thar cliathaich na linge, 's mar a chailleadh e.

Rinn am fear-iùil snodha gaire. "Sgeul math gu leòir," ars' esan, "ach cha 'n 'eil e uile gu leir fior. Cha do chailleadh am balach idir. Thàrr e as le bheatha; ràinig e bruach na h-ainmhe agus tha e aig a cheart mhionaid so, a' gabhail tlachd 'n ur cuideachd agus 'n ur n-aoidheachd."

Cha do chuir dà bhràthair riamh failte air a chéile cho cridheil ris an fhàilt a chuir an sgiobair air an fhear-iùil.

"An deagh sgeul, da rireadh," ars' am Fear-lagha, "agus a' bruidhinn air sgiobairean tha sgeul an Sgoileir an déidh sgiobair eile a thoirt 'n am chuimhne."

\* \* \* \* \*

### Sgeul an fhir-lagha

Tha beachd agaibh uile air Sgiobair M——nach maireann, a bha fad iomadh bliadhna air té de bhàtaichean Chluaidh, duine cho eireach-dail 's a sheas riamh air drochaid linge. Rugadh e ann an Lamlash an eilean Arain.

"Nuair a bha e mu thrì bliadhna a dh' aois, bha e 'ga chluich fhéin 's a' choille, agus chaidh stob droighne 'na chois. Chaidh e dhachaidh a' coineadh, agus dh' fheuch a' mhàthair ris an stob a thoirt as, ach dh' fhairtlich e oirre.

Chuireadh fios air an dotair ach dh' fhairtlich e airson cuideachd, agus cha d' fhuair am balachan prioba cadaid an oideche sin.

'S a' mhaduinn thàinig dà sheòladair an rathad. Chuala iad am balachan a' coineadh agus thàinig iad a dh' ionnsuidh an doruis a dh' fharraid ciod a bha ceàrr air an leanabh.

Dh' innis a mhàthair dhaibh mar a thachair. "Le 'r cead," arsa fear dhiubh, "feuchaidh mise ris an droighinn a thoirt as a chois."

Chuireadh am paisde 'na shìneadh air bòrd a'

chidsinn agus ann am prioba na sìla thugadh as an stob.

Ann an là no dhà bha an fear beag a' ruith mu'n cuairt cho sona 's a bha e riamh.

Dh' fhàs am balach suas. Chaidh e gu muir agus 'nuair a bha e miu dhà fhichead bliadhna a dh' aois bha e 'na sgiobair linge a bha seòladh eadar Cluaidh agus Amearaga. Uair a bha e a' fagail Chluaidh bha dithis dhaoine fhathast a dhith air a chum sgioba a bhàta a dheanamh coimhliona, agus chunnaic e air laimrig Ghrianaig dà dhuine a smaontaich e a fhreagradh air, ged a bha coltas gu math sean orra. Dh' fheòraich e dhiubh an robh iad toileach tighinn leis, agus dh' aontaich iad.

Air an turus gu Amearaga dh' fhàs aon dhiubh tinn, agus an ceann là no dhà thàinig a' chrioch air, agus thiodhlaiceadh e anns a' chuan. An déidh an tiодhlaicadh chuir an sgiobair fios air a chompanach. "Bha thu eòlach air an duine so," ars' an sgiobair. "Bha," ars esan, "agus b' aithne dhuibhse e cuideachd." "Ciamar sin?" thubhaint an sgiobair, "Cho fad's is fios dhomh cha 'n fhaca mi riamh e gus an latha thàinig e air bòrd aig Grianaig."

"Ma ta," thubhaint am fear eile, "theagamh gu'm bi cuimhne agaibh, 'nuair a bha sibh 'n ur balachan, gu 'n robh eas uamhasach ghoirt agaibh le stob droighne a chaidh intte?" "S ann agam a tha," ars' an sgiobair. "Agus thàinig seòladair an Rathad a thug an stob as mo chois." "B'e sin," thubhaint am fear eile, "an seòladair a thiodhlaiceadh an diugh."

Nach e 'n sgiobair a bha duilich nach robh fhios aige ann an àm gu 'm b' e sud am fear a thug furtachd dha 'n a eigin, 's gu 'n gabhadh e cothrom taing a thoirt do 'n duine choir!

\* \* \* \* \*

Is iad sin, ma ta, na sgeulachdan a fhuair sinn aig ar céilidh. 'Nuair a thàinig crìoch air sgeul an Fhir-lagha, bha 'n t-àm dol dachaidh, agus dhealaich sinn.

Theagamh gu 'm faigh sinn an Grammar aig an ath chéilidh!

## Criosd Agus a' Bhan-Samaritanach

(EOIN IV. 1-42).

LE IAIN MAC CALMAIN, CAOL-REITHE, AN T-EILEAN SGITHEANACH

THA naidheachd air innse mu'n Ollamh Urramach Seumas Camshron Lees nach maireann, an uair a bha e 'na mhinisteir òg ann an sgire Srath-Chonain, gu'n d'ràinig e an eaglais aon latha geomhraidh agus cha robh roimhe de choimhthional ach aon duine a mhàin. Thuirt Lees ris an duine, "Bho nach 'eil ann ach an dithis againn, tha e cho math an t-seirbhis Ghàidhlig a chuir dheth an diugh agus

feitheamh ri luchd na Beurla," ach fhreagair an duine, "Tha an fhàrrinn ag ràdh far am bheil dithis neo triùir cruinn 'na aimm gu'm bheil Easan an sin 'nam meadhon: is tua a h-aon, is mise a h-aon; le chéile is dithis sinn; agus is miann leam facal 's a' Ghàidhlig." Chùm iad an t-seirbhis 'n an dithis. "Rinn mi searmon do'n duine ud," thuirt Lees, "le m'uile chridhe, agus chuimhnich mi mar a rinn an

Slanuighear beannaichte searmon do aon mhaoi laimh ri tobar Iacoib."

Tha againn ann so duine agus bean a' còmhراidh ri chéile mu thimcheall uisge, agus air a' cheud sealladh dh'feudamaid faigh-neachd, "Ach ciod a tha an so a tharruingeas aire?" Chan'eil ni. Gidheadh do'n inntinn spioradail tha an so biadh agus deoch a bhitheas 'n a lòn dha air a thurus troimh an fhàsaich. Có tha an so? Tha Dia air fhoillseachadh anns an fheòil, Dia còmhdaichte le làndur na daonnachd, eadhon le anmhuimeachd na daonnachd ach as eugmhais peacaidh. Tha an so am Buachaille Maitha a' sìreadh na caorach chaille agus 'g a faotainn. Aig amannan eile tha sinn a' faicinn Criosd a' searmonachadh do mhòran sluaigh, ach an so tha E a' cromadh gu bhi labhairt facal na firinn ri aon anam a mhàin; nì a tha teagast gu'm bheil an soisgeul air son gach neach gu pearsanta, agus gu'm bheil aon anam luachmhor ann an sealladh Dhe.

Tha an doigh air an tug Iosa buaidh air cridhe cruaidh na mnatha so agus mar a choisinn E i a' gairm ar n-air e gu sòruichtie. "Thubhaint Iosa rithe, Thoir dhomh-sa deoch." Bha E sgith le a thurus, ged nach robh E sgith dheth; ach bha tart eile air Iosa, b'e sin tart chum slàinte an neach a bha an so 'na làthair. Agus ged nach 'eil e soilleir co dhiù fhuair E a' cheud tart a shàsachadh, tha fhios cinnteach againn gu'n d'fhuair E sàsachadh ann an slàinte bhi air a sealbhachadh leis a' pheacach bhochd so, oir bha e 'n a bhiadh agus 'n a dheoch dhà-san toil an Tì a chuir uaithe E a dheanamh agus 'obair a chriochnachadh.

Chan'eil Iosa idir a' freagairt na mnatha so a réir mar a labhair ise ris-san. Cha do thòisich E air argumaid a dheanamh rithe mu phonecan creidhmh neo mu'n eadar-dhealachadh eadar na h-Iudhaich agus na Samaritanaich, ach thairig E dhi tiодhlac na slàinte le bhi foillseachadh dhi dé bha i agus dé bha e comasach dhi a bhi. "Nam b'aithne dhuit tiодhlac Dhé, agus có e a tha ràdh riut, Thoir dhomh deoch, dh'iaradh tu air-san, agus bheireadh e uisge beò dhuit." Nam b'aithne dhuit:—ach cha b'aithne. Is e so staid an duine fhathast. Chan aithne dhuinn oir nam b'aithne dhuinn, dh'iarraimaid. Tha an t-aobhar nach 'eil sinn ag iarraidh ag éirigh o aineolas—aineolas air cridhe an Athair nèamhaidh. Tha fialaidheachd a chridhe-san agus a ghràdh air am foillseachadh dhuinn anns an tiодhlac a thug E seachad.

Is e Criosd tiодhlac an Athair dhuinn agus tha luach an tiодhlaic so a' dearbhadh dhuinn fior-ghràdh Dhé do'n chinne-daoine. Mar sin, air dhuinn bhi aineolach air luach an tiодhlaic agus freagarrachd an tiодhlaic air ar staid mar pheacach, chan'eil sinn ag iarraidh an tiодhlaic. Chan'eil tiодhlac sam bith cho luachmhor ri beatha, agus is e a thug Dia dhuinn a' bheatha

mhaireannach, a' bheatha a tha 'n a Mhac fhéin. Agus tha an tiодhlac so freagarrach air ar cor. Bha ar cor mar pheacach a' cur feum air an Tì a tha an so. Na'n tuigeamaid agus n'an creideamaid gur ann a chum ar maith a tha Criosd ag ràdh ruinn, "A mhic agus a nighean, thoir dhomh-sa do chridhe," cha chumamaid uaithe e. Chan'eil E ag iarraidh an àite so 'n ar beatha chum ar deanamh misshona; chan'eil E cumail nì sam bith bhuainn a tha chum ar leas, oir cha chum E maith sam bith o'n dream a ghluaiseas gu h-ionraic. Is iad na nithean a tha cronail dhuinn a tha Easan a' toirt bhuainn. "Feuch Uan Dé a tha toirt air falbh peacadh an t-saoghal." Is e peacadh an nì a tha cronail do'n duine agus gràineil an làthair Dhe, ged is milis sòlasan a' pheacaidh do'n inntinn fheòlmhor.

Mar sin, is e an nì a bha Criosd a' toirt dachaidh air a' mhaoi so a feum airson, agus cho eu-comasach's a bha e dhi bhi air a sàsachadh le nì sam bith ach E fhéin. "Ge b'e neach a dh'òlas de'n uisge so, bithidh tart air a rithis; ach ge b'e neach a dh'òlas de'n uisge a bheir mise dha, cha bhi tart gu brath air; ach an t-uisge a bheir mise dha, bithidh e 'n a thobar uisge ann, a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich." Thug an comhradh so buaidh oirre, agus cha robh e 'n comas di cumail oirre féin na b'fhaide. "A Thighearna," arsa ise, "thoir dhomh-sa an t-uisge so." Dh'aithnich i gu'n robh E a' taigse dhi an nì air an robh feum aice os cionn gach nì eile.

Ach fhathast bha teagamh aig a' mhaoi ann an comas Chriosd gu bhi coimhlionadh a thaingse, agus an deigh tuilleadh comhraidih dh'fhoillsich Criosd dhi gu'm b'esan am Messiah ris an robh a dùil. "Thubhaint Iosa rithe, Is mise a tha labhairt riut." Is e aom eile a mhàin do'n d'fhoillsich Iosa E fhéin cho soilleir so—an duine a rugadh dall. Dh'fhàg E aig muinntir eile am bitheantas a bhi faotainn an èolais so a mach air an son féin tré a mhiorbhulean agus a theagast.

Anns a' chòmhraidh so aig tobar Iacoib, tha nì neo dha gu sòruichtie a' leum ri ar n-air.

(1) *Iarrtus an anna a gheibh èolas air Criosd muinntir eile a tharruing d'a ionnsuidh.* "Dh'fhàg a' bhean a soitheach-uisge, agus dh'fhalbh i do'n bhaile, agus thuirt i ris na daoine, Thigibh faicibh duine a dh'innis dhomh-sa na h-uile nithean a rinn mi riamh; nach e so Criosd?" B'e so fianuis na mnatha so. Cha b'e searmón mór e, ach b'e teistéis fior agus treibhdhireach e, agus bu leòir e gu muinntir Shamaria a ghluaasad gu bhi faicinn có a bha an so comasach air na h-uile nithean a rinn iad riamh innse. Cha shaoleamaid gu'm b'e a leithid so de chliù a ghluaiseadh daoine a mach. Chan ann tric a bhitheas sinn toileach air na h-uile nithean a rinn sinn riamh a thoirt ri ar n-aghaidh, gu sòruichtie ma's ann a' toirt fianuis 'n ar n-aghaidh

a tha na nithean 'sin. An àite sin, is ann a bhithreas sinn dichiollach gu sgàile a chuir thairis orra. Ach an uair a tha Criosd a' toirt ri ar cuimhne na h-uile nithean a rinn sinn riamh, is ann a chum ar dealachadh bho 'n chuid a chaidh seachad de aimsir ar beatha a chaith sinn a réir na feòla, agus a chum ar togail suas ann an nuadhachd beatha.

(2) A rithis, *cho cumhachdach agus a tha inmeal lag ann an laimh Dhé*. Tha an Sgriobtuir ann an iomadh àite a' teagastg so. Chì sinn Daibhidh ann an gleann Elah a' toirt buaidh air an Philisteach mhór le coig clachan mine o'n t-sruth, an uair nach deanadh e feum le eudachcogaidh Shaul. Cha dean an eaglais feum le sgeadachadh saoghalta oirre, agus cha mhotha na sin a nì an Criosduidh. Is fheàrr gu mór coig clachan mine bho shruthan nan sgriobtuir, facal Dhé a tha beò agus cumhachdach, leis an toir gach aon buaidh. B'anmuinn an t-inmeal Ionah a' dol a mach 'na aonar gu baile mór Ninebhech, ach thug e am baile sin gu aithreachas. Nan robh obair mar so air fhàgail agamne, dh'fheudadh gu'n deanamaid costas mór agus chuireamaid feachd "Mhissionaries" gu Ninebhech, ach rinn Dia an obair le aon duine —agus duine aig nach robh móran clù air son creidimh. Bu lag agus bu mhi-choltach ann an sealadh an t-saoghal an t-inmeal a bha an laimh Ioshua, ach thàinig ballaichean Iericho gu lár 'n a fbianuis. Bu lag a' chaileag bheag a chaidh a ghiùlan am braighdeanas gu tir Shiria, ach bha i'n a meadhon-beannachaidh do Naaman. Bha creideamh mór aig a' chaileig

ud. Cha chuala i riagh gu'n do leighis Elisa aon lobhar. "Bha móran lobhar ann an Israel ri linn Elisa, ach cha do ghlanadh a h-aon aca." Gidheadh air bonn nam miorbhuilean eile a rinn e, chreid i gu'n robh e an comas dha Naaman a leigheas.

Tha an sgriobtuir mar sin làn de dhearbhaidhean air an obair a ni Dia le imnealan beaga. "Gairmidh an Tighearna a' chuireag a tha ann an iomall aibhnichean na h-Eiphit, agus an seillean a tha ann an talamh Asiria, agus thig iad" (Isa. vii. 18), agus ni iad an obair a tha E ag iarraidh a dheanamh; agus mar sin na deanadh feòl sam bith uaill 'n a fbianuis. Bha a' bhean so 'n a meadhon-beannachaidh mór ann an Samaria. Chaidh siol maith na rioghachd a chuir ann an aon chridhe, agus sgaoil e a dh'ionnsuidh iomadh beatha eile. Chreid iad air son teisteis na mnatha, ach chaidh iad na b'fhaide na sin, agus thuirt iad ris a mhaoi, "Tha sinn a' creidsinn, chan ann a so suas air son do chómhraidh-sa; oir chuala sinn féin E, agus tha fhios againn gur e so da-rireadh Criosd, Slànuighear an t-saoghal." Agus is ann mar so a dh'fheumas a bhi fhathast. Is maith fianuis aon eile a bhi 'n a mheadhon daoine a għluasad a mach, ach feumaidh sinn tighinn chum a' chuspair so gach aon againn air ar son féin. Cha dean e a' chūis "A Thighearna, A Thighearna" a ghairm dheth-san, a mhàin a chionn gu'n euala sinn feedhainn eile 'ga ràdh, oir their E ruinn mar thuirt E ri Pilat —"Am bheil thu ag ràdh so uait fhéin, neo an d'innis daoine eile dhuit e mu m' thimcheall-sa?"

## Iain Dòmhnullach nach maireann

RUGADH an duine caomh so, éildear Shollais, an Uidhist a Tuath, ann an eilean Heisgeir bho chionn còrr agus ceithir fichead bliadhna, agus tha faisg air dà fhichead bliadhna bho na thàinig e féin agus a theaghlaich gu ruige Sollas. Bho òige bha e 'na dhuine còir cliúteach measail aig a luchd eòlais gu léir, làn de dheagh iomradh agus de dheagh thoradh.

Bho na thàinig cùram anama ann, nocht d ilseachd chomharrachte do shluagh agus do aobhar an Tighearna, agus cha bhiodh àite falamh anns an eaglais mur biodh e bochd. Bha coibhneas, grinneas, ciuiteas, sèimheachd, agus diadhachd 'na phearsa nach robh ri faotainn no faicinn ann an móran.

Ged nach robh e glé làidir 'na inntinn, bha buadhan rannsachail aige air nitibh spioradail, agus mar sin cha b'urrainn duinn a ràdh gu'n do chaomhain e riamh a bhodhaig an uair a bhiodh aobhar Chriosd ag iarraidh cuideachadh, agus gheibhteadh e an còmhnuidh 'na dhlùth

thaic dhaibhsan a bhiththeadh ag iarraidh aithne shlainteal air Criosd, agus aobhar, agus a rioghachd a chuir air chois, agus am farsuin geachd.

Ged a bha sùil aig na càirdean ris an naidheachd dhuilich so cha lughdaich sin am bròn agus an ionndrainn as a dhéidh. Faodar a nis a ràdh air a' cheann thall gu'n do chòmhraig e deagh chòmhraig, gu'n do chriochnaich e a thurus, gu'n do għleidh e an creideamh. Agus a nis ged tha àite falamb an so, agus sinne 'ga ionndrainn tha e fiòr mu thimhchioll-san nach bi a' chlàrsach tuilleadh crochta air crann seilich; is ann a tha e ri seinn òran Mhaois agus an Uain. Tha mór cho-fhaireachduin a' dol a mach gu a chéile chaomh is a theaghlaich eireachdail a tha an diugh gu brònach eislinn each 'ga ionndrainn.

D. I. MAC DHUTH-SITH,  
am Mall-a-cleit,  
An Uidhist-a-Tuath.

## An Righ a Chaochail

Dàn Molaidh le Iain Masefield

(Air a h-eadar theangachadh gu saor)

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUINN, PH.D.

**B**'ESAN ar Righ an latha teanntachd  
chruaidh,  
Am bliadhlnachan dubh na stri, is dòchas fann,  
Mar bhrataich, thog a mhiseach-san ar ceann,  
'S le spiorad seasmhach, nochdadh Righ a  
shluagh.  
An déidh a chogaidh, 'n uair bha smuaintean  
breun  
A' bagradh buaireis, chuir a għluasad ciuin,  
A thapadh, agus gràsalachd a rùin  
Ruaig no ceangal air luchd-ainneirt fén.

Am measg a'r n-iomadh Righ, nior dhearbhadh  
aon  
Le aimsirean cho searbh do Chathraichean ;  
Cha d' fluair aon buaidh cho sèimh air bágradh  
teann.  
Fior rioghail bha e'n gnothach stàtail  
athraichean  
Fior thrucant' ris an dìblidh a b'isle ceann.  
B'fhearr e n'an còrr, bu għrinne, bu mħotha  
d'an robh gaol.

## Bròn agus an Comhfhurtair

**S**HUIDH Bròn balbh aig crioch an là  
SRi mo thaobh 's mi trom fo phràmh,  
Tein' is lòchran air dol as,  
Air an uinneig bhual am fras ;  
Chualas buille shocair mhall,  
Agus làmh air glais gu fann ;  
Chualas guth bho'n aon bha teachd,  
A' seinn le biran-ghuth,  
" Gabhaidh mi mo shuipeir leat."

Bha mo sheòmar dorcha fuar  
" Bhrön," deir mi, na bi fo għruaim,  
Fadaidh teine, las an leus,  
Cuir cathair an aoidh na h-àite fén :  
Rithist chualas làmh ri crann,

Dh' fhosgail mi a għlas gu fann  
" Thig a choigrich 'se do bheatha  
Gu do shuipeir maille rium."

Troimh 'n dorus fhosgailt għluais e steach,  
Ach ciod b'e ainx ġa robb 'nam bheachd ;  
An cathair an aoidh gu'n shuidh gu dlùth,  
Gidhealdha cha b'fhirosach dhomha a għnūs.  
Nuair thug mo għealbhan beag dhomh  
boċċegħad,

'Sa bha mo lòchran beag a' soillseadh,  
Feuch b'e mo Thriath an t-Aoidh  
A għabb a shuipeir maille rium !

O'n Bheurla leis an Ollamh Gilleasbug Dòmh-nullach.

## Baisteadh an Africa

**S**O an cunntas a thug ban-mhissionaraidh air  
Baisteadh a chunnalc i ann an Africa. " Sheas  
na daoine òga uile agus iad air an sgeadachadh  
an aodach geal. Thubhairt am ministear,  
" Is beannaichte iadsan a tha glan 'n an eridhe  
oir chi iad Dia." An uair a chual iad am facial  
sin chrom iad an cinn, agus chaidh iad air an  
gluinean a dh' īrnuiġ.

" Cò tha sibh a' dol a' leantuinn ? " thubhairt  
am ministear.

" Ar Ceann-feadhna," ars' iadsan.

" Co e bhur Ceann-feadhna ? "

" Is e Iosa Criod ar Ceann-feadhna."

" Ciod e lagħ a rioghachd ? "

" Is e għadha lagħ a rioghachd."

" Co dh' ionnsuidh a tha e 'g 'ur gairm ? "

" Tha e 'g ar gairm gu umhlachd, gu gràdh,  
agus gu seirbhis."

" Ciad iad criochan a rioghachd ? "

" Chan 'eil criochan aig a rioghachd ; tha i anns  
a h-uile àite, agus gu siorruidh."

An sin dh' éirich iad bhàrr an gluinean, agus  
le aon ghut thubhairt iad, " Leanaidh sinn  
ar Ceann-feadhna uile läithean ar beatha ;  
troimh għeqata a' bhàis théid sinn a steach 'n a  
lāthair, agus bithidh sinn maille ri ar Treubh  
gu siorruidh."

An sin sheiñn sinn laoidh-mħolaidh do ar  
Ceann-feadhna ; dh' éirich an sluagh uile,  
is chaidh sinn a steach do'n eglais far an robh  
na daoine òga air am baisteadh."



## Dòchas Na Beatha Maireannaich

*"Ma bhàsaicheas duine an tig e beò?" —Iob xiv. 14.*

SIN ceist nach b' urrainn am fear a sgriobh Sleabhar Iob a fhreagairt gu cinnteach, agus ceist nach do fhreagair duine eile riamh ann an dòigh a riaraicheas an cinneadh-daonna uile. Ach air a shon sin is ceist i air a bheil intinn mhic an duine a' enuasachadh gun sgur, ma bhàsaicheas duine an tig e beò?

Thig am bàs oirnn uile: agus an uair a thig am bàs chan 'eil anns gach ceist eile ach rud suarrach an coimeas ris a' cheist so, an ean uaign ceann ar réis?

Tha móran dhaoine anns an t-saoghal a tha de'n bheachd nach bi an duine beò an déidh d'a chorp bàsachadh: chan 'eil iad a' creidsinn gu bheil ammanna nan creidmheach air an deanamh fairfe aig uair am bàis no dol a steach do ghlòir. Chan 'eil iad a' creidsinn gu'n tachair do mhac an duine ach mar a thachras do'n ainmhídh: tiодhlaicear a chorp anns an talamh agus cha bhi ionradh tuilleadh gu bràth air.

Tha móran dhaoine anns an t-saoghal de'n bheachd sin, ach ged bha iad cho lìonmhòr bho thoiseach's a tha iad an diugh dh' fhairtlich orra riamh toirt air a' mhòr-chuideachd d'am bràithrean gabhairl r'an teasgasg.

A thaobh dòchas na beatha maireannaich chan 'eil e flor a ràdh gu bheil na feallsanaich air an dara taobh agus na diadhairean air an taobh eile: chan 'eil e flor a ràdh gu bheil luchd-ealain agus ministearan an aghaidh a chéile. Tha móran de na feallsanaich agus de'n luchd-ealain as ainmeile a' creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich le'n uile chridhe, is tha cuid de diadhairean nach 'eil a' creidsinn innite idir.

Ach ma cheasnaichear na feallsanaich agus daoine eagnaídh a thaobh an dòchais so feumar aideachadh nach 'eil fianus làidir no shoilleir aca ri thoirt dhuinn; their iad gu bheil an rud ud agus an rud ud eile anns a' chruthachadh a' neartachadh an dòchais ged nach 'eil iad 'ga dhearbhadh; their iad gu bheil barrachd ri ràdh air a thaobh na tha ri ràdh 'n a aghaidh. Ach is e sin cho fada 's is urrainn dhaibh dol.

Ma tha na mairbh beò car son a tha iad balbh? Car son nach do ràinig teachdair-eachd air chor-eigin sinn bho thoiseach an t-saoghair. Sin aon de na h-argumaidean a bhios mìchreidich a' cleachdadh, ach cha bhi feallsanaich no sgoilearan àrda 'g a cleach-

dadh oir tha fhios aca gu maith nach 'eil tosachd nam marbh a' dearbhadh dad.

Tha na mairbh tosachd gun teagamh. Dh' fhàg mìltean de ghinealan an saoghal so cheana ach cha chualas am farbhan as lugha bhuapa o'n taobh thall. Ma tha na ginealan sin fhathast beò, ann an àite no ann an suidheachadh nach aithnè dhuinne, a bheil e eu-comasach dhaibh fios a chur thugainn no a bheil iad idir a' smuaineachadh oirnn? Nach iongantach agus nach sóluimte an smuain e, gu bheil saoghal eile dlùth dhuinn a tha air àiteachadh le spioradan gun àireamh, ach a tha cho foluinchadh bhuaimh ri cridhe na gréine, ged dh' fhaodas sinn a bhi air an iomall aige.

Tha mise a' creidsinn le m' uile chridhe gu bheil an saoghal sin ann, agus gu bheil e dlùth dhuinn. Chan 'eil fhios agam ciod a bhios daoine eile a' faireachduinn aig bòrd a' chomanachaidd ach is urrainn mi a ràdh gu cinnteach gur e dearbhachd a thaobh saoghal nan spioradan an tiodhlac spioradail as trice a bhios mi a' faotainn o'n chomanachaidd. Cha do ghabh mi riamh pàirt ann an seirbhis-chomanachaidd gun faireachduin bheò agus dearbhachd làidir a bhi 'n am chridhe gu robh mi air mo chuartachadh le neul mór de fhianuisean, le spioradan nam firean, agus le ainglean, agus le eaglais neo-fhaicsinneach nan ceud-ghin. Aig na h-amannan sin tha làthaireachd nan spioradan cho cinnteach dhomh ri làthaireachd chorparra nan daoine a tha 'n an suidhe ri mo thaobh.

Sin aon de na doighean, a réir m' fhiosrachaidh, anns a bheil dòchas na beatha maireannaich air a dhùsgadh agus air a neartachadh ann an cridheachan dhaoine; chan ann le argumaidean no le solus reusain ach le feartan agus faireachduinnean a tha dol sios na's dòimhne do thobrachean diomhair ar beatha na's urrainn argumaid no solus reusain dol.

A thaobh dòchas na beatha maireannaich tha dhà no trì nithean ann a tha seasamh a mach gu soilleir gus ar creideamh a neartachadh.

(1) Chan 'eil treubh no cinneach air thalamh anns nach fhraighear an dòchas so 'n am measg, am beag no am mór. Is e sin ri ràdh, tha an cinneadh-daonna uile ag altrum an dòchais. Agus tha an cinneadh-daonna na's glice na duine air bith; tha guth a'

chinneadh-daonna na's airidhe air éisdeachd ris na guth an duine as ionnsachte air thalamh.

(2) Bha na daoine as gllice agus as comas-aiche a bha riagh ann a' creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich, agus na daoine as naoimhe. Dh' fheumadh duine a bhí gu maith cinnteach as fhéin m' an togadh e a ghuth an aghaidh dhaoine coltach ri Plato, agus Pòl, agus Dante, agus Milton, agus Shakespeare, agus aithriclean eile de'n tseòrsa sin.

(3) Bha Iosa Criod a' creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich, agus theagaisg e d'a' dheisciobuil an dòchas so altrum. "Ann an tigh m' athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh ; mur biodh e mar sin dh' innsinn-sa dhuibh." "Do bhrigh gu bheil mise beò bidh sibhse beò mar an ceudna." Thug Iosa Criod beatha agus neo-bhàsmhorachd gu solas tre a shoigeul, agus cuiridh fhacal-san crioch air gach uile chonnsachadh. Théid néamh agus an talamh thairis ach cha téid fhacal-san thairis gu bràth.

Roinh latha Chriod cha robh ann an dòchas na beatha maireannaich ach dòchas fhéin, ach rinn esan an dòchas so làdir agus cinnteach agus sheulaich e e le aiseirigh, air chor agus gu bheil a nis dearbhachd againne as làidire na bha eadhon aig daoine naomh ann an làithean Iob.

Bu mhaithe leam a chur sios air an duilleig so ann an caimint cho simplidh 's a ghabhas deanamh ciod e an dòchas a tha an creideamh Crioduidh a' toirt dhuinn a thaobh nam marbh. Is e so ar dòchas,

(1) Gu bheil iad aig uair am bàis a' dol a steach gu làthaireachd Chriosd.

(2) Gu bheil iad air an glanadh, air an soillseachadh, agus air an deanamh foirfe.

(3) Gu bheil iad a' faotainn an rùin agus an iarrtuis ann an aonadh dlùth ri luchd-an-gaoil a bha thall romhpa.

(4) Gu bheil iad a' feitheamh ann an sìth ri dara teachd an t-Slànuighir, ris an Aiseirigh, agus ri là mó r' a' bhreitheanais.

So dòchas ait nan an'ma naomh'  
O'n Slànuighear caomh an tràs,  
A thug an Spiorad dhàibh maraon,  
Mar sheul is earlais gràidh.

Ach is ann do chreidhmhich a mhàin a bhuineas an dòchas beannaichte so ; dhaibhsan a chaidhleas ann an Criod mar tha Pol ag rádh.

Ri aghaidh a' bhàis agus an sgaraidh a ni am bàs ann an teaghlaichean chan 'eil ann ach aon chomhfhurtachd as fhiach dhuinn a thairgsinn do chridheachan leònta, dòchas na beatha maireannaich. Sin a' chomhfhurtachd a thug ar Slànuighear do dhaoine an uair a bha e air thàlamh, agus sin a' chomhfhurtachd cuideachd a thug Pol do luchd-a-bhròin. Chan 'eil teagamh nach 'eil iomadh tobar eile ann as am faod daoine comhfhurtachd fhaotainn a chuidicheas iad an uair a dh' fheumas iad dealachadh r' an càirdean gaoil, ach so a mhàin a' chomhfhurtachd anns a bheil beatha agus neart do'n chridhe, dòchas na beatha maireannaich agus dearbhachd gu bheil luchd-ar-gaoil sona maille ri Criod.

## Di-Dòmhnaich Càsg

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEòID, M.A., EAGLAIS IAIN KNOX, AN GLASCHU

I Sann a reir an t-soluis ùir Earraich a tha a' Chàisg a' tighinn a steach. A cheud Di-màirt de'n t-solus so 'se sin Di-màirt Inid agus tha Di-dòmhnaich Càsg seachdseachdainnean an déidh na h-Inid ; mar a theireadh na scann daoine :

Seachd seachdainnean o bhrcith gu bàs eadar Càisg is Inid.

Tha an solus ùir Earraich, ma tha, a' tighinn a steach am bliadhna air Di-sathurna an dara là fishead de Februaraidh ; agus is e a' cheud Di-màirt an déidh sin an coigeamh là fishead—là na h-Inid—agus tha Di-dòmhnaich Càsg seachd seachdainnean an déidh sin. Fàgaidh sin Di-dòmhnaich Càsg am bliadhna air an dara là deug de dh' Aprail.

Is ann an iasad o'n Eabhrà a fhuair sinn am facal Càisg (*pesach*) troimh an Laidionn (*pascha*)

agus tha e ag ciallachadh *dol thairis*, no *gabhair seachad*. Tha cuimhne agad gur h-ann anns an Eipheit a bha a' cheud Chàisg air a' cumail ; gu'n d' thug an Tighearna àithne do Mhaois agus do Aaron iad a thoirt air an t-slugh uan a mharbhadh an oidhche mus d' thug e a mach as an Eipheit iad, agus an fhuil aige a chra-thadh le bad hiосioip air dà ursaин agus air àrd-dorus nan tighean, chum 's gu'n gabhadh aingheal an sgrios thairis air na tighean is na teaghlaichean sin a bha an fhuil air na dorsan aca. So, ma tha, a' Chàisg—*dol thairis*, no *gabhair seachad*, tre fhuil an uain chàsg. Bha clann Israel teàruinte agus fhuair iad saorsa tre fhuil an uain, agus dh' fhàg iad tir na h-Eipheit agus tigh na daorsa.

Thug an Tighearna àithne cuideachd dha shluagh, iad an àm so a' chumail 'na fhéil naomh dha-san, mar chuimhneachan air an

t-saorsa a thug esan dhaibh, agus mar a dhion e iad o aingheal an sgrios. Bha mar sin a' Chàisg air a cumail a reir òrdugh Dhé a nuas troimh na linnteann gus gur ann air a' Chàisg a cheusadh an Tighearn Iosa an Ierusalem. Is ann air Di-haoine roimh Shàbaid na Càsg a chaidh esan a chrochadh air a' chrann, agus mar sin theirear Di-haoine na Ceusda ris an Di-haoine roimh Dhi-dòmhnaich Càsg. B'e an ath là—Di-sathurn—Sàbaid nan Iudhach, agus air an treas là dh' éirich esan o na mairbh; agus is ann mar urram is mar chuimhneachan air aiseirigh ghlòrmhor an Tighearna a thòisich na Criosduidhean ag cumail an là sin—a' cheud là de'n t-seachdain—mar Shàbaid nan Criosduidhean. 'Se Di-sathurn a tha na h-Iudhaich ag cumail fhathast mar là na Sàbaid seach nach 'eil iad ag creidsin ann an Criosd mar am Fear-saoraidh.

Tha mar sin a h-uile Di-dòmhnaich no là an Tighearna—o'n is e sin a tha am facal Di-dòmhnaich ag ciallachadh—'na là èasg do shluagh an Tighearna o'n is ann air a' cheud Di-dòmhnaich a dh' éirich e o na mairbh.

Tre aiseirigh o na mairbh dh' fhoillsich Criosd do'n t-saoghal gu'n d' thug e buaidh air an uaigh agus air a' bhàs, agus mar sin gu'n d' thug e saorsa is beatha shiorruidh do na h-uile a tha beò annsan. Tha aoibhaeas air leth mar sin an cois na Càsg, an cois féill coainm Aiseirigh bheannaichte an Tighearn Iosa; aoibhneas gu bheil ar Slànuighear beò, agus seach gu bheil esan beò gu'm bidh sinne beò mar an ceudna; aoibhneas seach gu'n d'

thug esan buaidh gu'n toir sinne buidh annsan mar an ceudna. So, ma tha, dhuinne a tha ann an Criosd, féil an aoibhneis, féil na Càsga. So Sàbaid a ghairdeachais, Di-dòmhnaich Càsg. Tha làithean ann, agus tha amannan ann, air am beil e ceart agus dligheach dhuinn a bhi dubhach agus trom, ach air là na Càsg cha bhui dhuinn mar Chriosduidhean ach a bhi aoibhneach is sona oir tha Iosa air éirigh o na mairbh agus tha e nise beò gu siorruidh air ar son-ne—ar Slànuighear is Fear-ar-gràidh.

Ceud failt ort a mhadainn  
A mhadainn an àigh ;  
Choamh mhadainn gun ghruaimean,  
Gun smalan gun bhrualleann ;  
Ghlan-rosgaibh gun smuairean,  
Làn uaisle is gràidh ;  
Duisg aoibhneas neo-thruaillidh,  
Mhaireas buan gu bràth.

Dhaibh innis gu'm fac thu  
Sàr ghaigseach nam buadh,  
A' mosgladh 's a' dùsgadh,  
O'n chadal bu chiuin :  
Mar mhadainn a ghnùis-gheal,  
Gun smùirein gun ghruaim ;  
Gu'n chreacadh 's gu'n spùineadh,  
An ùir leis 's an uaigh.

Dhaibh innis gu siornnidh  
An grian e 's an ròd ;  
An didean gach latha,  
An Slànuighear gu bràth ;  
An gaisgeach nach ceàrr e,  
An àm gàbhaidh no bròin ;  
'S nach diobair gu bràth e,  
Gus 'n tàrr iad gu glòir.

(As an Laoisheadair).

## Neartachadh gu treun

LEIS AN URRAMACH CALUM GILLIOSA NACH MAIREANN, A BHA AN CAIRINIS, ANUIDHIST A TUATH

"Gu'n deònaicheadh e dhuibh a réir saoibhreis a ghliòire 'bhi air bhur neartachadh gu treun, tre a Spioradan anns an duine an leth stigh."—EPH. iii, 16.

THA Pol an so, mata, ag guidhe as leth nan Ephesianach air son an neartachaidh a fhuair e fhein 'na fheum, neartachadh a tha cuideachd mhór do-àireamh a' toirt fianuis gu'n d' fhuair iadsan cuideachd, is tha an t-abstol dàna 'na ùrnughean, mar is toil leis an Tighearn gu'm bitheadh e. Oir nhol E an creideamh a dh' iarradh agus a ghabhadh nithean móra, is dh' innis E gur e an tomaths anns am biodh creideamh dhaoine an tomaths anns am biodh a thiodhlacan dhaibh. Mar sin ghuaidh an t-abstol chan ann a mhàin air son neartachadh, ach air son neartachadh gu treun. Mar sin chan e a chreideamh a mhàin a nochd e, ach a ghliocas is eòlas mar an ceudna. Oir is e treun-neartachadh air am bi feum aig daoine, neartachadh cho treun's gur ann bho'n Tighearn a mhàin a tha e ri fhaotainni.

"Air 'ur neartachadh gu treun," ars' an t-abstol 'na ùrnughean, "Air 'ur neartachadh gu treun." Ciamar? 'N an cnàmhan agus 'n am fèithean? Chan ann. Is maith neart de'n t-seòrsa sin, ach 's iomadh duine aig a bheil neart 'na chnàmhan agus 'n a fheithlean nach 'eil a' deanamh móran maith leis, nach 'eil a' deanamh ni na's fheàrr leis na'n tigh a thoirt a nuas air fhéin 's air cùch mar a rinn Samson. Bu mhaith a b' aithne do Phol nach b'e an duine an leth a muigh an duine. Neart bho'n taobh a muigh is laigse an taobh a stigh, 's e companaich chunnartach a tha anna! Ach ma bhios duine air a neartachadh 's an duine a leth a stigh bidh sin 'na bharrant gu'm bi neart an duine a leth a muigh air a chur gu criochan ceart, agus ge b' e air bith cho bochd 's a bhios an duine an leth a

muigh cha bhi duine gu bràth gun bhuaidh a bhios air a neartachadh 's an dòigh sin.

Cha do dh' fhuirich an t-abstol aig na h-iomadh le ùrnuighean. 'S e an corp an t-iomall dhinn. Ach chaidh an t-abstol gu teis meadhon cuise anns an dearbheachd an ni bhiodh anns a' mheadhon gu'n ruigeadh e na h-iomaill, 's mar sin ghuidh e gu'm biodh iad air an neartachadh gu treun 's an duine leth a stigh. Agus mar a chaidh a rádh cheana bheir sin spionnadh nuadh do'n duine leth a muigh, 's chan 'eil ni eile ann a ni e coltach ris. "Air 'ur neartachadh gu treun 's an duine a leth a stigh." Co uaithe? Le a spiorad-san. Tha neartachadh ann nach 'eil bho'n Tighearn, neartachadh 's an olc, is chan 'eil laigse ann coltach ri sin, is chan 'eil sgrios ann coltach ris. Tha Isaiah a' luaidh air an neartachadh sin agus a' chrioch a bhios aige—"Is truagh do'n chloinn cheannaircich, deir an Tighearn, a tha dealbh chomhairlean, ach chan ann uamsa, a tha còmhachadh le brat foluich, ach chan ann le mo spiorad-sa . . . a ta 'g imeachd gu dol sios do'n Eiphit, ach nach d' fhiosraich dhiom-sa chum iad fein a neartachadh le neart Pharaoh agus a dheanamh buin á sgàile na h-Eiphit. Ach bithidh neart Pharaoh dhuibh 'na nàire, agus 'ur bun à sgàile na h-Eiphit 'na mhasladh. (Isaiah, xxx, 1-3).

Sin a' chrioch a bhios aig neartachadh nach 'eil bho'n Tighearn. Ach 's e erioch eile a bhios aig neartachadh an Tighearn—"neartachidh mi iad anns an Tighearn agus 'na ainm-san gluaisidh iad, deir an Tighearn (Sech. x, 12). Bithidh esan a tha lag 'n am measg mar Dhaibhidh, agus tigh Dhaibhidh mar Dhia, mar aingeal an Tighearn 'n an làthair (Sech. xii, 8). Chan 'eil aon ann a neartaicheas mar a ni spiorad an Tighearn, a neartaicheas na nithean a tha ullamh gu bàsachadh, a neartaicheas na nithean aig a bheil feum air taic, 's air cumail suas. Tha feum againn air a leithid sin de neartachadh. Tha sinn an crochadh air spiorad an Tighearn air son a leithid sin de neartachadh. Mar a h-aithne dhuinn sin iarramaid a bhi air ar neartachadh gu treun le a spiorad-san 's an duine a leth a stigh. 'S e spiorad an Tighearn a dheachd an ùrnuigh so ann an cridhe an abstoil, is cha do dheachd E ùrnuigh riaghach nach eisid E. "Iarraibh agus bheirear dhuibh." 'S e an Criod aig a bheil an spiorad 'na thiodh-lac a thug an gealladh sin.

"Air 'ur neartachadh gu treun le a spiorad-san 's an duine a leth a stigh." Nise tha iomadh críoich a bhios air a cuairteachadh le neartachadh an Tighearn air daoine, ach ciod i a' chrioch àraighe a bha ann an amharc an abstoil? A chum gu'n gabhadh Criod còmhnuidh ann 'ur cridhe tre chreideamh. Tha e luaidh air neartachadh mar ni a bhuiteas

gu h-àraighe do'n spiorad, air còmhachadh mar ni a bhuiteas gu h-àraighe do Chriosd. 'S gheibh sibh gu bheil an ùrnuigh so a' luaidh ni a bhuiteas do'n Trianad uile ann an cuisean ar slàinte. Mar tha aon àraighe 'ga chur, "tha na h-uile nithean bho'n athair tre Chriosd le frithealadh no co-chur an spioraid."

Ach anns an dara páirt so de dh' ùrnuigh an abstoil tha e ag guidhe air son còmhachadh Chriosd anns a' chridhe. Ciod tha e ag ciallachadh le Criod a bhi còmhachadh 's a' chridhe? An e buaidhean àraighe bho Chriosd, impidhean bho Chriosd spiorad Chriosd? Tha e ag ciallachadh sin ach chan e sin uile na tha e ag ciallachadh. Tha e ciallachadh Criod fhéin a bhi còmhachadh 's a' chridhe. Is anns an ùrnuigh mhóir so air son còmhachadh Chriosd 'n an cridheachan chan 'eil an t-abstol ag guidhe ni air son nan Ephesianach, ach ni a tha e ag ràdh a thachair 'na fhiosrachadh fhein. Tha mi beò, ars'esan, gidheadh cha mhise ach Criod a tha beò annam. Tha Criod ag gabhail còmhnuidh ann an cridheachan a shluaign. Nach iongantach an smaoin sin, Criod ag gabhail còmhnuidh ann an cridhe duine! 'S e sin a tha an fhìrinн ag ràdh ann am barrachd is aon àite dhith.

"Mata" arsa cuideigin, "ma tha E gu còmhnuidh a ghabhail 'na mo chridhe-sa gu bràth nach ann agam a tha 'n obair mus ullaich mi mo chridhe air son gu'n còmhnuich-eadh E 'na mo chridhe. O 's ann agad a tha an obair da rìreadh. 'S i obair i nach urrainn dhuit a dheanamh. Cha b'e do charaid a theireadh riut gu'm b' urrainn. Ma tha do chridhe gu bhi air ullachadh gu bràth air son gu'n gabhadh Esan còmhnuidh ann 's e fhéin a dh fheumas ullachadh. Fa chomhair air d' eu-comais ullachadh a dheanamh tha E ag ràdh, "Feuch tha mi am sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh; ma dh' eisdeas neach sam bith agus gu'm fosgail e an dorus thig mi stigh agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris agus esan maille riumsa." 'S e uile na bheil E ag iarraidh de dh' ullachadh gu'n leigte stigh E, is bidh E 'n a aoidh agus 'na fhear-ullachaидh agus 'na fhear-an-tighe. Agus na droch aoidhean a bha agad, agus a fhuair ceannas ort agus a chuir do thigh troimh chéile, agus nach urrainn duit a chur a mach le d'uile oidhirpean, curidh esan chon an doruis iad. 'S e eòlas maith a tha ann an eòlas ar michomasan. Chan e h-uile duine aig a bheil e. Mhuinnitir a fhuair e chan ann an aon la a ràinig iad air. Ach 's e cheud uidhe air slighe na slàinte e. Fhad's a bha Pol 'na Pharasach féin-fhoghainteach, fein-fhireanta cha do ghabh Criod còmhnuidh 'na chridhe. Fhad's a bha Iain Bunyan a' deanamh duine maith dheth féin le oibríbh fhéin cha do ghabh Criod còmhnuidh 'na chridhe. Fhad's a

bha Luther a' deanamh droch dhìol air a chorp gu bhi cosnadh slàinte cha do ghabh Criosd còmhnuidh 'na chridhe. 'S ann an là a thréig cobhair iad ann a bhi ag ullachadh an eridhe, 's ann an là a chaidh iad 'n an daoine bochda, briste, a chual iad Criosd ag ràdh—" Anns an ionad àrd agus naomha gabham-sa còmhnuidh maille ris-san fòs a tha bochd agus leòinte 'na spiorad." 'S a thuirt iad ris—" Thig a stigh thusa a tha beannachte o'n Tighearn 's còmhnuich agus rioghach 'na mo chridhe-sa." 'S a thuirt E riu—" An so ni mise fàrdoch dhomh, oir's e mo mhiann gu fior."

Tha Criosd a' deanamh fàrdoch dha fhéin ann an eridheachan nam bochdan, 's a ris chan e impidhean bho Chriosd a mhàin a tha air a chiallachadh ach Criosd fhéin gu bhi gabhail còmhnuidh anns a' chridhe. Iarramaid ma ta gu'm biodh an spiorad sin againn air an tug Criosd a bheannachd ; oir gus am faigh sinn sinn féin 'n ar daoine meaght cha bhi ullachadh no aoidheachd againn do Chriosd. Ach a ris feumar so a ràdh, chan 'eil bochdaimh maith ach mar cheum. Cha dean ar bochdaimh móran feum dhuinn mur cuir e sinn gu Fear-nan-ionmhasan. 'S mar sin air son gu'n gabhadh Criosd còmhnuidh 'na ar eridheachan chan e bochdaimh spioraid a mhàin air a bheil feum againn ach creideamh mar an ceudna—" Gu'n gabhadh Criosd còmhnuidh ann ar eridheachan tre chreideamh." 'S chi sibh gur e còmhnauchadh Chriosd air son a bheil an t-abstol a' guidhe. Nise ciamar a tha sin ? Ma ta, 'nuair a tha daoine air an glasasd le am feum 'e an Tighearn a tha tighinn 'n an aire, 's ann 'ga ionnsuidh—san a dh' iarras iad, is tha an Tighearn 'g an eur a dh' ionnsuidh a mhie mar an t-slighe, 'ga ionnsuidh-san, mar am Fear ionaid dhaibh-san, mar an éiric 's an iobairt-réitich air an son. Thog E Esan suas fa chomhair nan ciontach agus nam feumach a chionn gu'n do thréig cobhair iad. Thog E Esan suas an déidh dha tiodhlacan fhaotainn do dhaoine. Thog E Esan suas

mar cheannard agus mar Shlànuighear. Mar gu'm b' eadh ag ràdh, sud E, Fear-saoraidh le cumhachd ; cleachd creideamh air, 's bheir sin thugad E ; gabhaidh E còmhnuidh 'na do chridhe tre chreideamh. 'S chi sibh chan e *tadhall* Chriosd air an eridheachan air son a bheil an t-abstol ag guidhe, ach *còmhnauchadh*. Chriosd 'n an eridheachan. Nise tha fhios agaibh an t-eadar-dhealachadh a tha eadar tadhall is còmhnauchadh. Chan 'eil tadhall ach ear tamuill ; tha còmhnauchadh an còmhnuidh. S e còmhnauchadh Chriosd air son a bheil an t-abstol ag guidhe mar ni tha comasach, is feumaidh ar n-ùrnuighean, 's ar n-ùmhlaichd, 's ar creideamh a bhi ann an co-bhui a chum 's gu'n còmhnaicheadh Chriosd maille ruinn. 'S e ùrnuigh mhaith a bha aig an dithis a thug còmhdaile Chriosd riu lasadh eridhe dhaibh 'nuair a thubhairt iad—" Fan maille ruinne." 'S tha sibh a' leughadh gu'n do dh' éisd E riu, 's gu'n tug E dhaibh an iarrus. 'S 'nuair a dh' fhalbh E le a làthaireachd chorporra tha aobair a bhi creidsinn gu'n do chòmhnuich E 'n an eridheachan. Oir chaidh iad gu saothair 's gu fianuis m'a thimchioll—" Dh éirich iad air an uair sin féin, agus phill iad gu Jerusalem ag ràdh, dh érich an Tighearn da rireadh." (Lucas, xxiv, 33). Bha ùrnuigh, is ùmhlaichd, is creideamh, 'n an seasamh. 'S ma tha Chriosd gu bhi còmhnauchadh 'n ar eridheachaibh feumaidh sinn a bhi ann an cleachdadh nan nithean sin. Oir ni dearmad orra fhuadach air falbh—" Inichidh mi agus pillidh mi gu m' àite, gus an aidich iad an cionta agus an iarr iad m' aghaidh." (Hos. v. 15). Ach chan e gu'm pilleadh E gu àite is fheàrr leis, ach gu faigheadh E annaoinn an seasamh a dheanadh comasach dha còmhnauchadh 'n ar eridheachan, gu'n cluinneadh e sinn ag ràdh. "O dhòchais Israel, a Shlànuighear ri àm airce c'uiam a bhitheadh tu mar choigreach anns an tir ? agus mar fhear turuis a thònndaidheas aleth—taobh gu fuireach car oidhche ?" (Ierem. xiv. 8).

## Naidheachd á Uidhist

LEIS AN URRAMACH AONGHUS I. MAC-A-BHIOSCAIR, M.A., AN CINN-TIRE

ANNS an linn a dh' fhalbh bha dà bhràthair ann an Uidhist a' Chinn-a-Tuath a bha ag oibreachadh an fhearainn am páirt. Bha an dithis pòsda, Gilleanbuig a' còmhnuidh ann an aon cheann an taighe agus Aonghas 's a' cheann eile. Bha an aon sabhal agus an aon bhàitheach agus stàbull agus iodhlann aca. Ged nach robh iad coltach rì chéile 'n an nàdur no 'n an dòighean bha iad daonnan a' còrdadh

is bha e air a ràdh nach eulas riamh aon dhiùbh a' labhairt facal croisda ris an fheare eile. Cha d' thàinig facal móir no beag eatorra riamh.

Chuala na h-uile iomradh air oidhche na stoirmé móire anns a' bhliadhna 1879, an oidhche a thuit Drochaid Abhainn Tatha, agus a chaidh gach anam a bha gabhail an turuis air a' charbad-iaruinn a bhàthadh.

Air an oidhche ud, feasgar Sàbaid, bha Gilleanbuig agus Aonghas am muigh a' gabhail aig na taighean agus aig na cruachan-arbhair anns an iodhlainn le rõpan agus le acairchean-cloiche. "Nuair a rinn iad na b' urrainn dhaibh thubhairt Gilleanbuig, am bràthair bu shine, "Theid sinn a steach; chan urrainn dhuinn an còrr a dhèanamh, agus fàgaidh sinn gach cuis ann an làmhan an Tighearna." Chaidh iad a steach, agus tha e air aithris gu'n tug Gilleanbuig làmh air a' Bhiobull agus gu'n do thòisich e air leughadh agus ri gleachd ri Dia ann an tìrnuigh, agus gu h-àraidh as leth na muinntir a bha air muir; agus nach do ghabh e tàmh no fois gus an do lasaich a' ghaooth.

Samhradh no dhà an déidh bliadhna na stoirme móire bha Gilleanbuig agus Aonghas ag aiseag eilpe, còmhla ri feedhainn eile, bho Bhàgh-a'-Chàise gu bàta mór a thàinig a dh' aon ghnothuch á Glascho air son luchd ceilpe, agus a bha aig ceatha Loch-nam-Madadh. Bha na fir 'n an seasamh aig bràigh na laimhrig, buidheann an sud agus an so a' bruidhinn; agus cò a thachair a bhith gabhail ceum mu 'n cuairt ach sgiobair a' bhàta á Cluaidh. "Nuair a ràinig e a' bhuidheann anns an robh Gilleanbuig stad e air a cheum agus chuir e failte chridheil orra uile. Thòisich iad air seanchas air ais agus air adhart mu 'n t-side, mu phrisean, agus mu ghnothuicheadh coiteachionn na dùthcha. An dràsda 's a rithis bheireadh an sgiobair sùil air Gilleanbuig mar gu'n robh e 'ga leth-aithneachadh. Mu dheireadh thall sheall e air Gilleanbuig an clàr an aodainn, agus sméid e a thaobh e.

"Tha e ruith 'n am inntinn," arsa esan, "gu'm faca mi roimhe thu, a dhuine, ach tha e fairtleachadh orm a chuimhneachadh c' uin no c' àite."

Sheall Gilleanbuig air, agus thubhairt e, "Cho fad 's as fhiosrach mise, cha do thachair sinn ri chéile riamh roimhe, air muir no air tir."

"Tha e agam," arsa an sgiobair, agus a shùil 'na cheann a' lasadh. "C'aite an robh thu air an leithid so a dh' oidhche," ag ainmeachadh oidhche na stoirme móire.

"Cha robh mise riamh an taobh am muigh de na Madaidh," fhreagair Gilleanbuig, "ach tha cuimhne mhath agam air an oidhche sin."

"C' aite am bith an robh thusa," thubhairt an sgiobair, "bha mise 'n am éiginn 's a' Chuan Sgitheanach, agus mi a' ruith mar a dh' fhaodainn gu àite fasgaidh, 's mi a' guidhe ri Dia tròcair a dhèanamh orm; agus chunnaic mi thusa an oidhche ud cho taisbeanchad mu 'm choinneamh air an drochaid 's a tha mi 'g ad fhacinn air an fheasgar so air bràigh ceatha Loch-nam-Madadh."

Mar gu 'm biodh ni-eigin neo-thalmhaidh 'g an tarruing ri chéile, għlac an dàra fear làmh an fir eile, agus cha do labhair a h-aon diubh faċal. Bha iad le chéile a' smaoineachadh 's a' meòmrachadh gu trang.

Sin agad, a leughadair, an naidheachd mar a chuala misce i, agus tha iomadh latha uaithie sin. Dé do bharail fhéin oirre? Mar a thubhairt an Salmadair o shean, "Tha na nithean sin tuilleadh as àrd air mo shonsa."

## Sgiathan Na Maidne

**M**OCH fosglaim m' uinneag gach maduinn,  
Steach thigeadh soillse Do ghràis;  
Séid t' anail gu cùbhraidh mu' m chagait  
A' fidhann-fhraidaig gu blàths:  
Sguab ùrlar falachte m' inntinn  
O gach smùr, o gach smal agus sgleò;  
Siab bhàrr mo spiorad gach duibhre  
'Chuireadh éislean no airsneal air m' fheòil.

Air m' àrd-dorus 's air mo dhà ursaínn  
Cuir seul' agus comharrá gràidh;  
O m' àrd-bhùinn buin tubaist is tuiseadh,  
Cùm mo dhachaidh o easbhuidh 's o phlàigh :  
Aig gach cuirean is gniomh agus dleasnas  
Cuir surd agus spionnadh 'n am làimh;  
O mhoch-thra gu ciaradhl an fheasgair  
Saor o rag-leisg gach alt agus cnàimh.

Leig Do ghrian fo mo chabair,  
Suain gach maide le h-òr;  
Cuir aoigh air gach aghaidh,  
Lòn gach eridhe le D' threoir :  
Mu 'n tog dealt na h-oidhche bhàrr machair,  
Mu 'n tig caismeachd o ghob gach eòin,  
Mosgailleadh mo rosog ri D' mhàise ;  
Cluinneadh mo chlaisneachd Do cheòl.

Air a' mhodh so ni mi tagradh,  
Togail fuinn an glasadh là :  
Dia 'n am bhruidhinn 's 'n am smaointinn,  
Dia 'n am chridhe 's 'n am shaothair ;  
Dia mòr nam Flaitheas Naomh  
Air mo thoisceach 's ri mo thaobh,  
Chum mo ghléidheadh is mo sheòladh,  
Mo shiòr chobhair 's mo bhuan shòlais—  
'N diugh, a màireach, 's gu bràth.

# Comunn Nam Ban-Uasal

LE EACHANN MAC DHÙGHAILL, AN GLASCHU

**T**HA mi ag creidsinn nach e a h-uile aon de leughadairean nan duilleagan Gàidhlig anns a' Mhiosachan so a thuigeas anns a' cheud thoisearch ciod an comunn a tha mi ag ciallachadh le "Comunn nam Ban-uasal." Theagamh le ainm a' chomuinn ghasda sin a chur sios anns a' Bheurla—"The Ladies' Association"—gur ann a b' fheàrr a thuigteadh an tiodal. Is e sin, matà, an comunn a tha a' tighinn fa-near dhòmhhsa an ceartair; agus is e am priomh aobhar a chionn e bhi a' tighinn fa-near dhomh an dràsd gu'n do ghléidh iad an ceathramh fichead 's a' còig coinneamh bliadhnailean Glaschu an la-roimhe.

Is mór agus is ionmholta an obair a rinn an comunn so, agus a thà e a' deanamh, oir is fhada e bho cheann a shaothrach fathast, ged a tha cuid de'n obair mhóir a rinn e fada shios anns an linn a thriall bhuainn air tighinn gu ceann. Ach a bheil i aig a ceann? Chan'eil mi uile gu léir ceart ann a bhi ag ràdh gu'n do chriochnaicheadh a' chuid sin de'n obair, oir is e mo làn is mo dhearbh bheachd nach tig an sguab mu dheireadh de'n toradh a tha a' tighinn mar gheall air an t-saothair ud a stigh do shabhal-tasgaidh a' chinne-daonna gus an tig crioch air an t-saoghal féin agus air na daoine a tha a air uachdar!

Chuireadh an comunn so air bonn anns na bliadhnaichan cruadha ud a thainig air a' Ghàidhealtachd an uair a dh' fhalbh am buntà bho chionn corr math is ceithir fichead bliadhna. Air an là an diugh, an uair a tha pension na sean aois, pension bhantrach is ionadh seorsa eile de thighinn a stigh aig sluagh na Gàidhealtachd (cho math ri sluagh eile), cha chluinnear a' bheag mu "bliadhna a' choirce ghoirid" no "a' bliadhna a dh' fhalbh am buntà"; ach b' ion do na seann daoine cuimhne a bhi aca air na bliadhnaichan a bha an sud, bliadhnaichan na teanntachd is an acras, bliadhnaichan a' chruais, an ainnis is na h-eilthicreachd! Thuit ionadh cruadal is cràdh air na Gàidheil anns an àm ud; ach an uair a dh' fhàilmich an teachd-an-tir a bu tomodaiche a bha aca, is nach robh ach bach-lagan ruadha, meirgte, gun chnap ro bhuanachdail ach grùileagain làn gaoid mu am bun, chaidh an tonn buileach orra! Chunnaic sinne a tha an nis a' tarruing suas an aois iadsan a thainig troimh na bliadhnaichan òrduinneach ud, is chuala sinn an sgeul orra. B'i sin sgeul a' blàrdòin; agus b'e an t-aobhar bròin gun a leithid e an uair a bha na Gàidheil a bu treumanta a' fàgail an dùthcha gu an teachd-an-tir a sholar an dùthchannan céin, agus móran dhiubhsan nach robh comasach

air sin a dheanamh, no a' bheag de àgh sam bith a dheanamh air an son fein, ag cromadh an cinn ris an iùir is a' dol á sealladh!

B'iad sin na làithean anns an do chuireadh an comunn rùnach so air bonn le mnathan uaisle an taoibh deas, Dun-eideann is Glaschu, agus àitean eile. Bha ionadh taobh air an obair a ghabh na mnathan-uaisle so os laimh. Cha robh Sgoil-bhùird no *Education Authority* ann an uair ud, is bha Achedh an Fhògluim fathast corr is fichead bliadhna air thoisearch orra am folach fo sgòthan an ama ri teachd. Mar a thubhairt am bàrd e, "bha na Gàidheil ro aineolach, dall, le ionnsachadh gann 'nam measg" an uair ud. B'e sgoiltean a chur air bonn 'nam measg gu leigheas a thoirt air an euail so a' cheud obair a ghabh an comunn uasal so os laimh. Chuireadh suas tigheansgoile. Cha b'e leth-bhreac nan lùchairtean a tha air an eur suas an diugh, gun teagamh, a bha annta, oir cha robh iad ach glé dhíblidh, gun móran greadhnachais orra a thairngeadh an t-sùil 'nan rathad am muigh no a stigh; ach fathast, bu thighean-sgoile iad, agus ged a dhùinadh am fear mu dheireadh dhiubh bho chionn chòig bliadhna deug, is dàna esan a shaoileadh no a dh' abradh gu'n d'thainig an dùnadh nan sgoiltean sin deireadh am feuma no an toraidh do Chlann nan Gàidheal no do'n t-saoghal!

B'iad na maighistearan-sgoile a bha air an suidheachadh anns na sgoilean so oileanaich a bha a' toirt am mach am fòghlum air cheann na ministrealachd anns na colaisdean. Bhiodh iad fein air cheann na h-oibreach an àm an t-samhraidh, an uair a bhiodh an Colaisde ma-sgooil; agus an àm geamhraidh bhiodh seòl air choir-eigin eile air a dheanamh. Theagamh gur e piuthar an oileanaich a bhiodh ag gleidheadh tighe leis, le cuideachadh aoin de na balaich mhóra, is e fein le shùil air a' Cholaisde, an uine ghearr, a' ghiùlaineadh air aghaidh an obair.

Chan'eil fios agamsa cia mheud sgoil a bha fo riaghlaigh a' chomuinn so an uair a bu mhòtha a bha aca dhiubh, ach bha iad aca cha mhór anns gach cearn de na h-Eileanan is de chòrsachan siar na Gàidhealtachd, agus có a thomhais, no a thoimhseas, an obair mhór a rinn iad! Mar a thubhairt aon de na labhair anns a' choinneimh bliadhnailean so, b'e obair a' chomuinn na ghabhdh cur sios, mar ghearr-iomradh, air paipear, *plus* rud-eigin eile; ach cha ghabhdh am *plus* sin tomhas no co-thromachadh!

Bha mise air aon de na bha aig a' choinneimh so, agus is e a bhuail 'nam inntinn an

uair a bha mi 'nam shuidhe am measg na cuideachd, is cha mhór nach faodainn a bhi cinnteach as, gu'm bu dochas gu'm bu mhi an t-aon duine eadar bhallachan an t-seomair anns an robh sinn cruinn a fhuair earrann d'a ionnsachadh (am beagan a tha agam !) an aon de na sgoiltean so. Bha mise an aon dhiubh gus an robh mi seachad air dà bliadhna dheug, agus ciod am fios nach faodadh leughadairean nan duilleagan so a bhi iarrtach air beagan a leughadh mu'n cuairt oirre. Ach mu'n tig mi a dh'ionnsuidh sin, dh'fhaodainn ainmeachadh nach b'iad na sgoiltean is foghlum na cloinne a mhàin anns an do chuir an comunn so làmh. Bha an làmh an obair eile cuideach cho math ri cuisean foghlum, mar a bha gibhteán an aodach is caisbheart andà chuid do'n chloinn is doinbhich, déideagan-cluiche do'n chloinn an àm na Nollaige, is rudan mar sin ; ach is e cuid na sgoile dhe ris a bheil mise a' buntainn an ceartair.

Bha mise "thall is chunnaic mi," oir b'ann an seann tigh-sgoil Bhosta, a bha fo riaghlaadh a' chomuinn so, a fhuair mi mo cheud inn-treachadh air an a-b-c is ceann-fhreumhan eile an eòlais. Chan 'eil fios agam ciod an aois a bha mi an uair a chaidh mi do'n sgoil so an toiseach, ach tha mi cinnteach nach robh mi co-dhiubh dad seachad air còig bliadhna, ma bha mi sin féin. Innsidh mi dhuibh có am maighstir-sgoile a bha againn : bha an t-Urr. Seoras Sutharlan còir a thug a dheagh shaothair do'n Eaglais mar mhiniestear clìuiteach 'na dhéidh sin. Bha e ùine mhór an Tórasa, am Muile, agus chan 'eil fada bho'n a leig e dheth, a thaobh anfhannachd na h-aoise a bhi a' tuiteam air, an eaglais do an deach e 'na dhéidh sin, am Bruan, shuas an Gallaibh. Chuir e mór bhròn orm an uair a chuala mi bho chionn ghoirid nach 'eil e an deagh shlàinte an diugh ; ach tha dòchas agamsa, mar a tha aig iomadh caraid eile, gur a h-iomadh latha math a bhios air a luigheasachadh dha fathast maille r' a chàirdean 's a luchd-dàimh mu'n triall e gu a dheagh dhuais an lùchairt nan iomadh seomar. Chan 'eil mi cinnteach ciod an taobh de'n chrich eadar Gallaibh is Cataibh as an robh e, ach tha fios agam gu'n robh a cheann làn de dheag Ghàidhlig.

Cha bheo an ath mhaighstir-sgoile a bha againn—Gilleasbuig Mac Neill à Ille. B'ann an seirbhis a Mhaighstir a bhual galar a bhàis esan, thall thairis, oir is e an Soisgeul a shearmonachadh do na cinnich a chuir e roimhe féin mar dhleasanas.

Is ann á Eilean Bhararaidh, eilean a thatar ag innseadh dhomh a tha an diugh 'na fhàsach, a bha an ath fhear a bha againn—Cailean Mac Ghilleathain. Chan fhios dhomh am beò esan no ciod a dh'érich dhà.

An ath oileanach a fhuair sinn b'e Seumas

Mac Coinnich á Ploc Loch-aillse ; agus na'n teannainn ri cunntas a thoirt an so air a shaothair an aobhar a Mhaighstir, ged a bhiodh barrachd eolais agam oirre na tha agam, cha b'e aon mhiosachan ach àireamh na bliadhna uile gu léir a dh'fheumteadh gu a liubhairt seachad, is fathast, bhiodh móran air fhàgail.

Is e searmonachadh an t-Soisgeil an tirean céin, cho math ri ealain na dotaireachd, a ghabh esan mar an ceudna mar dhleasanas, agus ré chòig bliadhna fichead rinn e saothair mhór anns na Hebrides Nodha shios anns a' Chuan Shèimh mu Dheas. As a' sin chaidh e air cheann ospadail lobhar an Corea, an Siona, agus am measg mhuinnitir allmharrha na tire sin tha e a' saothrachadh bho chionn shè bliadhna deug, a' leigheas an dà chuid chorpa is anamannan dhaoine. Tha e an ceann na dreuchd sin fathast, ged a tha e gu math suas am bliadhna, agus tha a ghinnel féin a' leantainn a cheumannan gu deas is gu coimhlionta. Mar sin, nach fior e dhomh a ràdh nach 'eil is nach bi crioch air toradh saothrach Comunn nam Ban-uasal so !

Bha aon eile agaínn fathast, am fear mu dheireadh a bha innte gus an do dhùineadh i, an toiseach an t-samhraidh, anns a' bhliadhna 1892. B'esan Eoghan Mac Coinnich, bràthair do Sheumas ; agus b'e an raon farsuingh thar chuan a' searmonachadh an t-Soisgeil ris an do thog esan a dhùil is a shùil mar an ceudna. Thuit a chorpa anns an strith ud a bhà is a thà cho domain is cho dosgaineach air na daoine ; ach is cinnteach gu'n do sheol a spiorad gu ionad na sithe far an robh a dheagh dhuais a' feitheamh air Bhuaite-san aig a bheil stiùir na cruinne 'na ghlac !

Ciod an nis an seorsa sgoile a bha anns an sgoil bhig ud ? Matà, chan urrainn dhòmhsa sin innseadh dhuibh na's fearr na sealadh beag a thoirt dhuibh air obair an latha mar a bha i air a giùlan air a h-aghaidh bho Luan gu Aoine, agus bho Challuinn gus an ath Nollaig 'san àm anns an robh mise innte. Bha suas mu dha fhichead sgoilear innte anns an àm ud, ged nach 'eil anns an sgoil ùr a tha 'na h-àite an diugh ach eadar ceithir is sè ! B'ann a réir an leabhair-leughaidh anns am bitheamaid a bha an clas air a chuimseachadh—an ceud leabhar, an dara leabhar, is mar sin air aghaidh, gu ruig an còigeamh leabhar. Bha iadsan a bha anns a' chòigeamh leabhar air an cunntadh cho math 's a dh'fhaodadh fiughair a bhi aca ris gus am fàgadh iad an sgoil uile gu léir, na's lugha na gu'n robh 'nam beachd dreuchd sòrnachta a thoirt am mach, is mar a theireadh na màthraichean e, "aran glan a chosnadh dhoibh féin."

(*Ri leantainn*)



## An Soisgeul Agus An Saoghal

LEIS AN URR. T. M. MAC CALMAIN, M.A., GLEANN EILG

*"Chan 'eil sinn a' faicinn nan uile nithean fathast air an cur fa cheannsal, ach chi sinn Iosa . . ."*

EABH ii. 8-9.

**T**HA dhùth air da mhile bliadhna bho chaidh leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh a sgriobhadh agus bho thachair na nithean mu 'm bheil iad a' deanamh ionraidh, agus anns an ùine fhada sin is móir an t-atharrachadh a tha air tighinn air an t-saoghal agus air a luchd-còmhnuidh.

Air an oidhche nochd 'n am sheòmar shàmhach a' cur nam briathran so an altaibh a chéile, cluinnidh mi, ma's àill leam, guthan dhaoine eile 'g am ruigheachd a teas-meadhon straighlich gach baile mhóir 's an Ròinn Eòropa. Is gann gu'm bheil latha a bheir mi sùil air paipearnaigheachd nach leugh mi mu innleachd ùr air chor-eigin. An dràsda agus a rithis tha feallasanach móir a' fosgladh a bheòil neo ag ionmairt a phinn agus a' sparradh oirrn bhi toirt fainne mar tha eòlas 'g a mheudachadh agus innleachdan gun àireamh 'g an sìor-dheanamh. Tha gach bliadhna ùr 'g ar giùlan ceum na's fhaisge air làn-choimhlionadh faidheadaireachd Dhaniel (xii. 4) — "Ruithidh móran sios agus suas, agus bithidh eòlas air a mheudachadh."

A réir coltais, tha clann nan daoine an diugh, ann an doigh nach robb 'san amharc aig an t-Salmайдh (Salm viii), a' cur nan uile nithean fo'n casan, air muir agus eadhon fo'n mhuir, air tir agus anns an adhar. Gu dearbh saoilidh sinn air uairean gu'm bheil daoine ag oidhir-peachadh tur Bhabeil a thogail as ùr. "Thigibh," arsa iadsan, "togamaid dhuinn féin baile agus tür, aig am bi a mhullach a ruigheachd gu'n éamh, agus deanamaid dhuinn féin ainm" (Gen. xi. 4). Is gann a ghabhas a thuiginsinn na h-adhartasan a tha air an deanamh 'n ar latha ann an eòlas agus ealain agus innleachd de gach seòrsa.

Ach tha mi cuideachd a' leughadh nithean eile anns a' phaipear-naigheachd. Cho fad agus a chì sinne, chan 'eil na nithean sin uile a bha mi ag ainmeachadh a' fàgail an t-saoghal dad na's sitheil neo na's sona neo na's sàbhailte. Dìreach a chionn 's nach ann le nithean a bheathaichear spiorad neo-bhàsmhor an duine. Chan fhaod sinn bhi 'g ar mealladh fhéin le lionmhorachd nan nithean a tha sinn a' sealbhachadh anns na làithean iongantach agus adhartachail so, oir chan ann anns na nithean sin tha fior bheatha an duine a' comh-sheasamh. Bitheamaid taingeil air son gach goireas agus gach innleachd dligeach, agus air son gach

gliocais agus èolais tha Dia toirt dhuinn agus sinne 'g an cruidh-shireadh. Ach làmh air laimh leis an t-soirbheas sin tha gainne agus bochdaimh anns an t-saoghal, tha eadhon cogadh agus mort agus spùilleadh a' dol air adhart gu follaiseach, tha ionmagain ann an ionadh cridhe agus amharus eagalach an ionadh inntinn. Nach fhaod e bhi cho fior m'an ghinealach so agus a bha e mu chlann Israel—"Thug Dia dhoibh an iarrtus, ach chuir e caoile air an anam" (Salm evi. 15).

Is e fàth a' ghnothaich gu'm bheil sinn eadhon anns an linn shoillsichte so a' toirt aoraidh agus a' deanamh seirbhis do'n chreutair na's mothà na do'n Chruithear agus ag ràdh ri obair ar làmhan féin, "Is sibh-se ar diathan-ne." B'e sin cuideachd an fhanuis a chaidh a thogail air a' ghinealach am measg an do għluuas an Tighearna Iosa ann an làithean fheòla air an talamh.

Chi sinn na Pharasaich le an urninghean fada briathrach anns na sionagogaibh agus aig coinneachadh nan sràidean, a' feuchainn gu treibhdhireach a bhi dileas do'n t-solus a thugadh dhoibh agus a thaobh fireanteachd an lagha a bhi neo-choireach, agus mar sin a' streap suas gu bhi 'n an suidhe ann an cathair Mhaois. Chi sinn buidheann eile de na h-Iudhaich—na Sadusaich — agus gun mhóran àite no suim-acà do nithean cràbhaidh, ach fhathast le cealgaireachd agus le bhi cosnadh cairdeas an t-saoghal agus gean-maith nan cumhachdan a bha làthair, a' streap do'n inbhe a b'airde, an ard-shagartachd. Chì sinn na Greugaich le diomhairreachd smuainte agus le feallsanachd dhomhain, le òirdhearcas cainnité agus le snas-litrechas, a' cosnadh clùi dhoibh féin. Chì sinn na Romanaich le cruadal 's a' chath, le neart-airme agus le ealain-riaghlaidh, a' cur an t-saoghal fo'n casan, ionnus gu'm b'urrainnear a ràdh gu'n deachaidh aig Tiberius Ceasar air an domhan uile a mheas.

Ach ged bu mhór an inbhe agus an clù a choisinn iad sin uile, gach buidheann 'n an doigh féin, le cràbhadh no le seòltachd, le gliocas no le làmhachas-làidir, cha tug iad buaidh anns an t-seadh a b'airde. Tha an t-abstol Pòl—agus bha e fhéin uair-eigin 'n a fhior-Pharasach—ag aideachadh ged bu mhath am faradh air an robb na Pharasaich a' direadh suas, cha b'e faradh a bha ann mar a chunnaic Iacob aig Betel, faradh

aig an robh a bhàrr a ruigheachd gu nèamh. Ma their neach sam bith gu'm bu bheannaichte na Pharasaich agus iad a' smuaineachadh air lagh Dhé a latha agus a dh-oidhche, éisid ri aideachadh an Pharasaich mhòir—"Och is duine truagh mi! Có shaoras mi o chorp a' bhàis so?" (Rom. vii. 24). Ma shaoileas neach gu'm bu shona na Sadusaich agus iad ann an àrd-inbhe, eadhon an cathair Aaroin, cuimhnich gur e bha anna daoine a bha ag àicheadh aiseirigh nam marbh, daoine aig an robh an dòchas anns a' bheatha so a mhàin agus saoghal nan spiorad 'na àite tiamhaidh dhoibh. Ged bu mhath gliocas na Gréige, cha b'aithne dhoibh tre ghliocas Dia, agus ged bha iad a' faicinn àrd-shlighe nan deagh-bheus cha robh iad ag amas airimeachd air. Agus ged bu mhór cumhachd na Ròimhe a' ceannsachadh gach nàmhaid, agus ged b'fharasuig an impireachd, bha raontan sònruichte ann air nach tug iad buaidh, agus b'iad sin raontan uaigneach an cridheachan féin, mar a chi sinn le suil a thoirt air toiseach litir Phòil chum nan Romanach.

A dh'aindeoin gach cràbhaidh, gach seòltachd, gach gliocais, gach cùmhachd, bha ainshith agus bochdann spioradail aca mar an cuiid, direach mar a tha againgn fhéin an diugh a dh'aindeoin gach adhartais a tha sinn a' deanamh. Air do'n duine, anns an linn ud agus anns an linn so, a bhi gabhail d'a ionnsuidh fhéin briathran an t-Salmaidh, gu'm bheil na h-uile nithean air an cur fo 'chosaibh, feumaidh e aideachadh nach 'eil na h-uile nithean fhathast air an cur foidhe. 'N a mhaighistir air nithean an taobh a mach dha, tha an duine fhathast 'n a thràill aig na nàimhdean a tha e ceadachadh a bhi gabhail còmhnuidh 'n a chridhe—anamianna na feòla agus anamianna nan sùl agus uuibhear na beatha. Tha e an diugh cho fior agus a bha e riamh gur feàrr an tì a riaghlas a spiorad na esan a ghlac as àrd-bhaile. Is maith eòlas agus innleachd agus goireas, ach am bheil iad 'g ar cuideachadh gu bhi ceannsachadh nan nàimhdean marbhtach aig am bheil an daingneach làdir ann an cridhe uaigneach an duine? "Ciod e an tairbe do dhuine ged chosnadhl e an saoghal gu h-iomlan agus 'anam a chall?"

Ach, buidheachas do Dhia, a dh'ionnsuidh a' ghinealaich ud thàinig naigheachd beannaichte an Tiomnaidh Nuaidh, agus a dh'ionnsuidh saoghal a bha—agus a tha—cho trang a' càrnadh suas stòr de nithean neo-mhaireannach thàinig deagh-sgeul mhòr-aoibhneis Dhé tre Iosa Criosd. Dhoibh-san a bha caitheamh airgid air nì nach aran agus an saothair air nì nach sàsuich thugadh làn-thairgse air tiodhlac Dhé ann an Criosd. Faiceamaid an t-atharrachadh a rinn e dhoibh-san a ghabh thuca féin e, oir tha e a' deanamh a' cheart atharrachaidh an duigh mar an ceudna do'n dream a tha gabhail ris.

An uair a thàinig Criosd a dh'ionnsuidh an t-saoghal, cha do chuir E stad air amhgar agus pian agus deuraibh, eadhon dhoibh-san a rinn an roghainn dheth. 'S e sin r'a ràdh, cha tug E dhoibh sgiathan columain gu bhi teicheadh air falbh o na duilgheadasan anns an robh iad an sàs. Thug E nì a b'fheàrr dhoibh. Cha do dh'atharraich E an sudieachadh saoghalta, ach dh'atharraich E an spiorad agus dh'ath-nuadhaich E an cridhe, agus mar sin thug E cothrom agus comas dhoibh a bhi toirt buaidh anns an t-suidheachadh anns an robh iad.

Iongantach 's gam bheil e r'a ràdh, chan 'eil leabhar eile sgriobhte anns am bheil uidhir de bhròn agus de amhgar agus a tha anns an Tiomnaidh Nuadh. 'N a fhior-thoiseach cluinnear guth ann an Rama, caoidh agus gul agus bròn ro-mhòr, air do Herod le laimh neo-thruaanta na leanaban neo-chiontach a mhort. Aig deireadh an Tiomnaidh Nuaidh cluinnear eugh air son cobhair ag éirigh o'n eaglais agus i a' fulang fo laimh fhuileachdaich impireachd na Ròimhe—"Thig, a Thighearna Iosa"—coltach ri fios chabhagach air a chur a mach o bhàta a tha deanamh long-bhriseadh ann an doinnion gharg. Ann an teas-meadhon an leabhair so tha gàradh Ghetsemane le chruaidh-ghleachd ; chi sinn talla a' blreitheanais agus crùnn-droighinn agus sliabh Chalbhari le a chroinn-ceusaiddh. Ach, aig a' cheart am, chan 'eil leabhar eile sgriobhte anns am bheil a' leithid de shubhachas agus de ghàirdeachas. Tha e a' tòiseachadh le òran-molaidh nan aingeal agus laoidhean beannachaidh Sharachias agus Mhuire, agus tha e dùnadh le iolach ait o shluagh mhòr nach gabh àireamh, de gach uile chinneach agus threubhan agus shloigh agus theangaibh, a' glaodraich le guth àrd—"Slàinte do ar Dia-ne a tha 'n a shuidhe air an righ-chathair agus do'n Uan. . . . Dhà-san a ghràdhaich sinn agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaibh 'n a fhuil féin, agus a rinn righrean dhinn agus sagartan do Dhia agus d'a athair-san ; dhà-san gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal." Chi sinn dream eile a' dol a mach le gàirdeachas a chionn gu'n do mheasadh gu'm b'airidh iad air eas-urrum fhulhang air son aimh Chriosd (Gniomh. v. 41). Cluinnidh sinn an t-abstol agus e 'n a phriosanach anns an Ròimh, agus slabhraids iaruinn an crochadh ri caol a dhùirn, agus is e so an duan a tha aige : "Deanaibh gàirdeachas anns an Tighearna a ghnàth ; a rithis tha mi ag ràdh, Deanaibh gàirdeachas" (Phil. iv. 4).

Is e so, matà, a rinn Criosd dhoibh-san a chuir an dòigh ann. Cha tug E mach as an t-saoghal iad, ach thug e dhoibh bhi toirt tuilleadh agus buaidh trid-san a ghràdhaich iad, air chor agus nach robh bàs no beatha no uachdranachdan no cumhachdan no nithean a bha làthair no nithean a bha ri teachd no àirdé no doimhne

no nì sam bith eile comasach air cron a dheanamh orra. Ann am facal, thug E dhoibh a bhi seinn òrain eadhon ann am priosan na beatha so agus dorchadas 'g an cuairteachadh agus ceangal air an lamhan agus an casan, mar a thug E do Phol agus do Shilas (Gníomh. xvi. 25). Agus is e sin a tha Criosd a' gealltann agus a' deanamh an diugh.

Bha creidmhich an Tiomnaidh Nuaidh gàirdeachail agus subhach—eadhon ann an suidheachadh doirbh agus cunnartach—chan ann a chionn 's gu'n do chuireadb na h-uile nithean fo'n casan, no a chionn 's gu'n robh cràbhadh no seòltachd no gliocas no cumhachd sam bith a bha aca 'n a thaic dhoibh. "Chi sibh fèin 'ur gairm," arsa Pòl, "nach iomadh iad a tha glie a thaobh na feòla, nach iomadh cumhachdach, nach iomadh uasal a tha air an gairm, ach ròghnuich Dia nithean amaideach . . . nithean anmhunn . . . nithean an-uasal . . . agus nithean tarcuiseach" (1 Cor. i. 26-28). Chan e gu'n robh iad foghainteach uapa fhéin, ach b'ann o Dhia a bha am foghainteachd. Agus bha iad cinnteach a Dia chionn 's gu'n d'fhuair

iad eòlas air Criosd. "A nis," arsa iadsan, "chan 'eil sinn a' faicinn nan uile nithean fathast air an cur f'a cheannsal, ACH CHI SINK Iosa" (Eabh. ii. 8-9).

"CHI SINK IOSA" is e sin sluagh-ghairm na h-eaglaise. Is e sin bonn ar dòchais agus freumh ar creidimh. Le sin, ged bhiodh freasadhal Dhé dhuinn mar dhorchadas a' mheadhonianoidhche, agus ged bhiodh ar suidheachadh saoghalta 'g ar druideadh a steach mar ann am priosan, faodaidh sinn laoidh-mholaidh a sheinn, agus co aige tha fhios nach cluinn priosanaich truagha eile sinn, co aige tha fhios nach toir Dia crathadh air an t-saoghal a bhriseas bunaitean ar priosain, co aige tha fhios nach toir sin air luchd-coimhidh a' phriosain, eadhon cumhachdan an t-saoghal so, glaodhach a mach air son soluis agus tighinn air chrith a dh'fhaighneachd, "A mhaigheanair, ciod is còir dhuinn a dheanamh chum gu'n teàrnar sinn?" Agus is e freagirt na h-eaglaise, "Creidibh anns an Tighearna Iosa Criosd, agus teàrnar sibh."

Is ann mar so a bheir an soisgeul buaidh air an t-saoghal.

## Lànachd Beatha

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUN, PH.D., AN CILL-MO-NAOMHAIG

ANN an eridhe mhic an duine, tha iarrtus dian air lànachd agus sonas. Co dhiubh a tha e'g an sealbhachadh ann an tomhas no as an eugmhais, tha miann orra an còmhniudh 'n a aignidhean, agus bithidh a dhùil riu 'n a shaothair is 'n a shùgradh. Cha tuigear duine beò gun a bhi a' cuimhneachadh gu bheil an t-iarrtus so suidhichte domhain 'n a ghnè, agus 'g a ghluasad 'n a uile dhòighean, ann an slighean an t-seacharain cho maith ri slighe an dleasdanais. Eadhon 'n a pheacanna is duaichnidh cruth, is ann am btheantas ag iarraidh tuilleadh beatha agus sonais a bhitheas e.

Tha buidheann mhór de 'n chinne-daonna air an teagasc gur e an t-iarrtus ud is màthair-carraig agus an-aobhneis mhic an duine, 'g a thoirt air seacharan, 'g a mhealladh, 'g a chumail ann am buaireas; agus gur ann a mhàin le bhi 'g a chasgadh, agus ma ghabhas sin deanamh, a' cur as dha gu buileach anns a' chridhe, a gheibhear fois is saorsa. B'e so grunnd teagaisg a' Bhuddha, a tha cumbachdach gus an latha'ndiugh am measg mhuilleinean de'r chreutairean anns na h-Innsean agus ann an China. A réir-san, is eigin dhoibh-san a ruigeadh air fóis agus sonas, an eridhe fhalamhachadh de mhiann air sòlasan corporra, agus air duaisean saoghalta; agus an imntinn a thionndadh a stigh gu beachdachadh air gnè nan uile nithe, gus mu dheireadh an ruig i am Bith d'am buin i, anns am bheil gach ni agus gach creutair a' comh-sheasamh. Anns an t-suidheachadh

so, ris an abrar Nirbhana, tha e air a thuigsinn gu bheil spiorad an duine a' tighinn gu aonachd ri spiorad siorruidh na Cruitheadh, mar gu'm biadh e a' snàmh ann an cuan; agus anns an dòigh sin, tha gach miann faoin air a chasgadh, agus an eridhe aig fois o mhealladh agus o bhuaireas iarrtuis.

### Siar agus Sear

Shaoileamaid-ne nach gabhadh sluagh air bith ri teagasc a tha a' dol cho laidir so an aghaidh a' chuilg; ach is fheudar dhuinn aideachadh gu bheil buaidh mhór aige thairis air imntinn agus gnàths mhuilleinean ann an dutchannan na h-Aird-an-Ear; agus gu bheil e a'cúr dealachaidh eadar an Roinn-Eorpa agus iadsan, air nach 'eil e furasda faighinn thairis. Tha iadsan ag amharc oirnne mar shluagh eu-céillidh, acras, sanntach, fiabhrusach, a' strioch-dadh rioghachdan a chum a bhi a' fasgadh asda am beartais; 'g ar claoihd fein agus dhaoine eile air muir is air tir a' sireadh saoibhreis shaoghalta, ann an cabhaig o àite gu àite, o ghnothuch gu gnothuch, o chuideachd gu cuideachd, mar chloinn bhig a' ruith am failleis, no an geall air a' bhogha-fhróis, ag iarraidh an còmhnuidh anns an t-saoghal a muigh sàsachadh do'n chridhe a stigh; agus an déidh ar n-uile stri, tha sinn, 'n am beachd-san, mi-shuaimhneach agus a dh'easbhuadh sithe. Air an laimh eile, tha sinne ag amharc orrasan mar chreutair-ean a tha fo gheasan aig beachdan fallsa, a tha

'g an cumail bochd 'n an cranncheur, tâireil air beatha an duine air an talamh mar bhrudar faoin, agus do bhrigh sin, a' diultadh oidhisp a dheanamh air an suidheachadh diblidh a leasachadh; daoine gun sgoinn, gun neart, gun togradh, coma co dhiubh, a chionn gu bheil iad a' meas an t-saoghal uile 'na mhealladh agus gach saothair a ghabhas seachnadh 'na amaidse.

Cha chreid mi nach 'eil tomhas de 'n fhírinne air gach taobh,—'se sin, gu bheil sluagh na h-Eorpa agus America am bitheantas a' sealtruinn ri sásuchadh an iarrtuis fhaotainn o'n t-saoghal agus a bheartas, tuilleadh is a tha reusonta; agus gu bheil sannt an t-saoghal so 'n a aobhar-buaireis 'n ar measg nach'eil furasda a cheannsachadh agus nach gabh aicheadh; ach mar an ceudna, gu bheil luchd-leanmuimh a' Bhuddha a' deanamh mearachd nach lugha ann a bhi ag amharc air saothair an duine air an talamh mar fhaoineis, agus gu sònruichte ann a bhi a' feuchainn ri déidh air beatha làn, shuilbhír a mhùchadh 'n a chridhe, anns a' bheachd nach'eil anns an duine e-fein ach cruth a bhuineas do thím, d'an dàn tuiteam air ais mu dheireadh gun aithne, gun éolas, do shruth na beatha as an d' éirich e.

An uair a sheallas sinn air teagasc Chriosd, chan'eil ni is soilleire na so, gur e lànachd beatha a tha 's an amharc aige air son nan uile; agus sin r'a shealbhachadh, chan ann le bhi a' marbhadh iarrtus a' chridhe, ach le bhi 'g a threòrachadh gu fior shàsúchadh. Bha buidheann anns an dùthaich ann an làthà Chriosd, ris an cante na h-*Essènich*, a bha glé choltach, 'n am breithneachadh is 'n an cleachadh ri luchd-leanmuinn a' Bhuddha, a' feuchainn ri sláinte agus fois fhaotainn le aicheadh, trasgadh, agus dimeas air an t-saoghal. Saoilear gu'n robh dàimh, ann an smuain agus gnàths, eadar iad féin agus Eoin Baiste is a dheisciobuil. Co dhiubh, an uair a thog Chriosd a ghuth anns an dùthaich, cha b'ann gu trasgadh a ghairm E daoine ach gu cuirm, ged a tha àite aig trasgadh 'n a theagasc.

### Teagasc Chriosd

Is ann a bha truas aige-san do 'n t-sluagh do bhrigh gu 'n robh iad a' fannachadh a dh'easbhidh beatha. "Thàinig mise chum gu'm biodh beatha aca, agus gu'm biodh i aca ni's pailte." A' coimhlionadh an fhacail ud, dh' aiseig E sláinte cuirp dhoibhsan a bha tinn, fradharc do 'n dall, comas imeachd do 'n bhacach; thug E biadh do 'n acrach, is eall do 'n eu-céillidh. An àite mùchaidh a chur air an iarrtus air beatha, is ann a bhosnach Easan an t-iarrtus sin, aig a' cheart àm a' taigseadh dhoibh sásúchaidh ann fein—aran na beatha gu bhi 'g an neartachadh, uisge beò gu bhi 'g an ùrachadh, solus na beatha gu bhi 'g an

soilleireachadh, agus 'g an deanamh subhach. Ma dh' fharraidear ciod gu sònruichte a tha Chriosd a' ciallachadh leis na samhlaidhean a tha E a' cleachadh—aran, uisge, solus—saoilidh mi gur e èolais air Dia mar an t-Athair nèamhaidh aig am bheil gràdh siorruidh dhoibh, anns am faod iad am muinghin a chur gun chìram, a dhionas, a threòraicheas, agus a naomhaicheas iad le a spiorad; agus a chuireas rompa cursa seirbhis ann an rioghachd shiorruidh—a tha ri a thuiginn leo. Da rireadh, is beatha mhair-eannach an t-eòlas sin: tha e 'n a sholus do 'n inntinn, 'na aoibhneas do 'n chridhe, 'n a dhochas do 'n spiorad, 'n a neart do 'n toil, 'n a bhròsnuchadh air gach buaidh spioradail a bhuineas do mhac an duine. Air an aobhar sin, chan ionghnadh ged a tha Chriosd a' deanamh ionraidh air brigh agus crìoch an t-soisgeil mar shuipeir shuilbhír, agus a rithis mar bhòrd bainnse rioghail, a dh' ionnsuidh am bheil daoine air an cuireadh. Cha bhiodh e furasda samhlaidhean is beartaiche fhaotainn air lànachd beatha na iad sud. Tha e soilleir, mar an ceudna, gu'n robh Chriosd e fein a' sealbhachadh a' phailteis agus an aoibhneis air an robh E cho tric a' deanamh luaidh ann an cosamhlachd; oir ged is éigin gu'n robh suidheachadh truagh an t-saoghal an còmhnuidh 'n a aobhar-doilgeis dha, fhathasd, bha a shaobhreas cho iongantach is gu'n do thog Eoin an fhianuis so mu dheighinn: "Ann-san bha beatha; agus bi a' bheatha solus dhaoine; agus as a lànachd-san fhuair sinne uile; agus gràs air son gràis." Eadhon aig deireadh an làthà, is E a' dlùthachadh air seirbhe a' chroinncheusaidh, chan ann mu bhròn ach mu aoibhneas a tha E a' labhairt: "Na nithean so labhair mi ribh chum gu fanadh moghàirdeachas annaibh, agus gu 'm biodh bhur gairdeachas-a làn."

### Teagasc nan Abstol

Chan e atharrachadh sgeòil a gheibhean o na h-abstoil. Cluinnear fuaim an aoibhneis 'n an litrichean uile. Cha mhór a dh' fhuingh uiread alabain agus deuchainn ris an abstol Pol; ach air a shon sin uile, bha a spiorad neartmhòr, buadhach, taingeil agus sona; agus bha e comasach 'n a sheann aois agus 'n a laigse an teisteanas so a' sgriobhadh. á priosan: "Oir a ta ar n-àmhghair eutrom, nach eil ach rè sealain, ag oibreachadh dhuinne tróm-chudthrom glòire a ta ni 's ro-anabharraich agus sìor-mhair-eannach." Tha e gu tric a' cur impidh air na h-eaglaisean iad a bhi a' deanamh gàirdeachais; agus air iomadh duilleig, chithear gur e beatha, làn, cumhachdach, agus maiseach le toradh an Spioraid, rùn cridhe an abstoil air son nan creidmheach, gus am biodh iad fa-dheoidh air an nochdadh coimhlionta ann an Chriosd.

Fòghnaidh so gu bhi a' dearbhadh gur ciall agus gnothuch do 'n t-soisgeul a bhi a' coinn-

eachadh ri iarrtus eridhe an duine air pailteas agus sonas beatha.

### Smachd air an fheòil

Air an làimh eile, tha e fior gu bheil féin-aiceadh a' faotainn àite an comh-cheangal ri òrdugh na beatha so. Amhul nach tig neach gu bràth gu comhliontachd ann an ealain do nach toir e suas e-féin le deadh-thoil, dìchioll agus faicill, cha mhotha a gheibh beatha spioradail cothrom air fàs agus neartachadh gus an cuir duine cul ris gach cleachdadh fiar, is an toir e suas e-féin do Chriosd. Feumaidh an fhéinealachd ain-diadhaidh tighinn gu crich mu'n urrainn a' bheatha fhòr freumhachadh agus neartachadh anns a' chridhe, agus a ceann a thogail. Chan 'eil seachnadh air an riaghailt so; oir gus an stricheadh duine a thoil, mairidh e fo bhuaidh na h-inntinn fheòlmhoir, ach an uair a tha e deas gu a bhi mar a thoilicheas Dia, tòisichidh cruthachadh nuadh ann; bitidh a nàdur uile air a bheothachadh o'n àird—aignidhean, inntiom, coguis, toil—gach ni a tha anns an duine o'n leth a stigh; cuirear roimhe gairm àrd, eadhon gu'm biodh e an còmhnaidh a' fàs ann an gràs, ann an glicias, agus ann an maitheas gus mu dheireadh am bi iomhaigh,

## Comunn Nam Ban-Uasal

LE EACHANN MAC DHÙGHAILL, AN GLASCHU

(*Air a leantuin*)

IS math a tha cuimhne agam gur e leabhar Eachdraidh na h-Albann, air a tharruинг bho "Tales of a Grandfather" le Ualter Sgot, a bu leabhar-leughaidh do na h-inbhich so a bha deas gus an sgoil fhàgail.

Bha an sgoil a' fosgladh aig deich uairean; agus an àm an fhuachd bha aig gach sgoilear ri fòid no dà fhóid mònadh—aon fhear co-dhiubh—a bhi 'na achlais an àm tarruing a stigh an dorus: agus bhiodh sùil a' mhaighstir-sgoil glé bhiòrach air eagal gu'm faigheadh aon a stigh gun fhóid! Is math a tha cuimhne agam aon mhàduinn a chuireadh dhachaidh mi a dh' iarraidh an fhóid nach d' fhuaras agam a' mhàduinn ud. Cha robh an t-each againne gu dhol do'n mhonadh a dh' iarraidh an t-saic mhònadh, agus leis a' sin, is tric a bhiodh a' chùil-mhonadh glé fhàlamh, gu sòraichte air maduinn Di-luain, agus, is e sin a dh' éirich dhi a' mhàduinn a bha an sud! Chan 'eil mi a' dol a dh' innseadh dhùibh c' àite an d' fhuar mi am fòid a bha a' dol a dheanamh àite "pass-port" dhomh a stigh do'n tigh-sgoil a' mhàduinn a bha an sud!

Cho luath 's a bhiodh na sgoilearan uile a stigh bha am maighstir-sgoil a' dol an ceann ùrnuigh, ann an Gàidhlig, agus 'na dhéidh sin bha leasan Biobuill againn, agus laoidhean, an dà chuid an Gàidhlig 's am Beurla, air an

Chriosd air a dealbh 'n a spiorad agus 'n a chomhluadair, am feadh is a tha e a' làimh-seachadh gnothuich an t-saoghail a tha a làthair. Mar sin tha cumhachdan a nàdur aig an aon àm air am bróschnachadh agus air an aonadh le riaghailt diadhaidh, a chum a bhi 'g an cleachdadh ann an seirbhis a tha buanachdail do dhuine e-fein agus d'a chomh-chreutair. Anns an t-suidheachadh sin, le spiorad gràsmhor Chriosd 'g a riaghlaidh, tha mac an duine a' sealbhachadh tomhais de lànachd na beatha maireannaich; agus tha e air an t-slighe anns an ruig e air an rioghachd, a' chumhachd, agus a' ghloir a tha ann an gairm Dhe do gach anam.

### Brigh an t-soisgeil

Ann an searmonachadh an t-soisgeil, tha e iomchuidh gu'm biodh an teachdaire a' cumail an còmhnuidh anns an amhare, agus mar chudthrom d' a theachdaireachd, am beartas agus an lànachd beatha a tha air an taingeadh do na h-uile ann an Iosa Criosd; agus gu'n teagaisgeadh e-féin-aiceadh, chan ann mar riaghailt gheur a tha dol a thoir bochduinn is cion air daoine, ach mar mheadhon air a bhi a' ruigheachd air àrd mhaith, àrd shaoibhreas, agus àrd shonas na beatha shiornuidh.

seinn. Is ann ro annamh a bha na Saiml agaínn 'gan seinn. Bha aon ni co-cheangailte ris an leasan Biobuill a bha an so a dh' fhaodainn ainmeachadh, oir is ann an diugh, bho'n a thaimig mi gu ire, co-dhiubh, a theann mi ri thuiginn cho ro ghasda 's a bha e gu ar n-eòlas air an dà chànan a leudachadh.

Bha esan no ise a bhiodh air ceann àrd a' chlas a' leughadh na ceud earrainn, as a' Bhiobull Ghaidhlig, abairibh, agus bha e an sin 'na dhòigh fèin 'g a chur ann am Beurla, le aon mu seach, is earrann mu seach gus am biodh an caibideal, no na bhiodh air a ghabhail mar leasan, air a leughadh uile. An ath latha, bhiodh a' cheart dhol an caibideal eile anns a' Bhiobull Bheurla. Is cinnteach gu'm bu òrig so gus an dà chuid Gàidhlig is Beurla ionnsachadh nach bu chòir a bhi air a dearmad, eadhon an sgoiltean aghartach an latha diugh, cho math s'gam faod gach "modh direach," "direct method" is eile a bhi.

Bhiodh aon greis mhath anns an sgoil mu 'm faigheadh e de urram a chur air 's gu'n rachadh copaidh-sgríobhaidh, peann is dubh a thoir dhà, is leigeil leis uidhe aig an "dasg-sgríobhaidh." Bha an dasg-sgríobhaidh so air fad an ruma, leth ris a' bhalla-chùil, agus bhiodh ar n-agħaidhean ris a' bhalla an am teannadh ris an sgríobhadh. Is ann air an

taobh bheoil a bha an dà uimneig a bha air an rùm, am mach bho dha uinneig-athair, air nach fhaiceamaid ni ach neoil nan speur, agus mo thruaighe-sa a bhasan-san air am beireadh sùil a' mhaighstir-sgoil ag caogadh thar a ghuailne feuch dé a bha a' dol air aghaidh am measg a' chorra de'n chloinn, no an robh ni annasach sam bith a' dol air aghaidh am muigh air a bhìl!

Is ann air an sglèat a bhiodh na ceistean cunntais air an dèanamh; agus cho luath 's a bhiodh crioch air na bhiodh ri an dèanamh aig an àm, bha an sglèat air a cur air a beulfoidhpe air an irlar mu choinneamh an sgoileir. Bha esan no ise aig am biodh an sglèat air an irlar an toiseach, ach a' cheist no na ceistean a bhi aige ceart, a' faotainn suas gu ceann àrd a' chlas. Tha an t-eagl orm, ged thà, nach robh an doigh so ro mhath gus na "figaran" a bhi ro shoillear! A dh' aindeoin ciod an seorsa leabhar-cunntais a bhiodh againn, is e "an grè" a theireamaid ris. Is e glé bheag aig an robh fios gu'm b' e "Gray," ainm fir a chuir ri chéile leabhar-cunntais aig aon àm, ach a bha an nis air a dhi-chuihmheadh ach 'na ainm a mhàin a bha an so.

Bha an *dictation* air aon eile de na leasain a bu riataineche. Bha an clas an uair sin air a thoirt am mach gu meadhoin an irlair, is iadsan de an robh e air a dheanamh suas air an cur cùl-ri-cùl is aghaidh-ri-aghaidh mu seach, a chùm is nach gabhadh "copaidheadh" dèanamh. Ach a dh' aindeoin gach ni, bha an "copaidheadh" a' dol; agus na'm faighteadh an aon "spelladh," no litreachaidh, aig dithis, is iad cearr, is dòcha gur e basan teotha a bhiodh aig aon dhiubh, mur bitheadh aig an dithis, mu'n tigeadh crioch air a' chùis!

Bha sinn a' faotainn am mach gu cluich is cleasachd eadar aon uair is a dhà; agus is iomadh sin seorsa cluiche a bhiodh againn. Na'n teannainn ri an cur sios an so á ceann a chéile, bha cho math dhomh toiseachadh air a' cheud thaobh-duilleig de leabhar MhicLagain is mo sheol féin a thoirt seachad air gach cluich a tha an sin. Air chùl nan cluichean àbhaisteach, mar a bha iomain, crioch-abhodaich, cleas nam bonaid, is mar sin air aghaidh, bha iomairet air an deathanach an àm reodhaidh—an corr uair a thigeadh an giomanach sin rathad an eilein, is a gheibheadh am fuachd buaidh air blàths nàdurra a' Chuain Shiar, a bha a' sior bhualadh is a' sior thaomadh mu ar cladaichean. Cha bhiodh an sneachd, cho trom 'gan tùirlingeadh e aig amannan, fada gun leaghadh as fo bhuaidh a' cheart Chuain Shiar; ach fad 's a leanadh e bha feum gun taing air a thoirt as, an dà chuid gu slàdashd is deanamh mhuc is bhodach sneachd.

An uair a bhiodh osag chiùin an t-samhraidh

is teas gréine againn, bhiodh Traigh Bhosta aig laimh gu cogadh a dheanamh ri a cuid stuadhan no sinn féin fhalcadh anns na geodhachan a bu chiùine thall mu Chlachan Gorma, no, an uair a bhiodh am muir-tràigh ann, Sgeir Bhosta thall 'na meadhoin 'gar tèadh gu dhol air thòir duileisg is ghruagan oirre. Bha sinn a' faotainn ma réir aig ceithir uairean, agus cho luath 's a bha "amen" a' tuiteam bho bhilean a' mhaighstir-sgoil, aig deireadh na h-ùrnuigh fheasgair, bha gach aon a' deanamh air an dorus mar bheum-sléibhe 'nan aon mheall; agus bha e air a chunntadh 'na urram mór leis-san—is leis a' chorr cuideach—a gheibheadh am mach an toiseach! Airson gach ùpraid a bhiodh againn—agus glé bhitheanta tabaid—air an rathad dhachaидh, chan eil aobhar agam air sgeul a thoirt dhuibh, oir bha na nithean sin taobh am mach de "churriculum" (eùrsa) na sgoile, mar a theirear ri rian fòghluim nan sgoiltean air an là an diugh.

Am measg gach iomadh latha mór a bhiodh againn anns an sgoil so, bha an latha ud a nunn mu dheireadh an t-samhraidh am bitheantas, an uair a thigeadh aon de na mnathan uaisle a bha air ceann a' chomuinn air a cuairt bhliadhnaile. B'i a' bhean-usal ghrinn, Miss Rainy, a bhiodh a' tighinn anns an àm 'san robh misé anns an sgoil, agus tha a dealbh mhèineil 'nam shùl fathast—fior bhean-usal. Ar leam nach robh i ro throm 'na cruth, ach leth-char àrd am pearsa, agus fior dhreach na h-uaisle 'na gnùis. 'Nam bheachd-sa an uair ud, bha i fèin agus Miss Rintoul, a bhiodh a' toirt cuairt bhliadhnaile do'n eilean as leth an *West Coast Mission* a' seasamh am mach uile gu léir bho mhñathan eile an domhain! Bha rud beag de eagl againn roimh Mhiss Rainy, ged thà, agus is dòcha leam gu'n robh beagan fiamh air a' mhaighstir-sgoil agus mar an ceudna air a' cheistear roimh an dà mhñaoi chòir so, mèineil 'gan robh iad.

Is math a tha cuimhne agam uair de na h-uaireannan a thainig Miss Rainy gu'n do chuir am maighstir-sgoil sinn uile air falbh am mach ris na h-aonaichean a bhuan roide, agus bha ròpannan is badan de luibh an deagh bholaidh sin, is gach plùran deagh-fhàile eile a thoineamaind 'na measg, air an crochadh ri ballachan is sparran an tighe-sgoil gu beagan maise a chur air, agus is cinnteach gur e a dh' fheumadh, ged nach robh sinne 'ga thoirt sin fa-near anns an àm ud. Bha na sparran gun lobhta fodhpà, ballachan loma, is tuill eadar na clachan anns am faodadh cait is rodain falach-feed a dheanamh air a chéile, gun dealbh gun ni, ach aona mhap de mhòr-roinn na h-Eorpa an crochadh am meadhoin a' bhalla-chùil. Bha an t-irlar air a leagail le déileachan no sailean a thainig air a' chladach

mar chobhartach uair no uaireiginn, cuid dhiubh làn de thuill ghiùirnean, agus an sud 's an so, glomhair mhóra eatorra far an tric a chaill sinne ar "pensalan," is call gun fhaotainn orra!

Sin agaibh dealbh bheag, ach dealbh chearbach tha mi cinnteach, air an sgoil bheag ud thall air bruaich an t-Sruith-fhrògaich. Is iomadh raon ris an do thog a' chlann a bha an sud an uair a thainig iad gu ire cosnaidh. Chuir iad an cath air monadh is air cuan, a bhos an so is thall an tirean céin. Tha cuid dhiubh 'ga chur fathast; tha móran dhiubh 'nam párrantan, is cuid 'nan seanairean is 'nan seanmhairean; agus, mo chreach! tha cuid dhiubh a thuit anns an strith fo bhuaidh na h-easlaist no fo bhuaidh gach caochladh sgiorraidh do bheil mic is nigheannan nan daoine buailteach. Bha cuid dhiubh a thuit eadhon anns a' bhlàr, no air dhòigh-eiginn

eile fo sgiùrsadh a' Chogaidh Mhóir ud a thagair a chrann féin as gach cearn, as gach eilean beag no mór, as gach srath is as gach gleann.

Sin agaibh, matà, aon de na sgoiltean a bha fo riaghladh comunn àghmhòr nam ban-uasal so. Tha a sgeul féin aig gach aon dhiubh; ach a dh' aindeoin taobh 'gam bi orra, tha aon taobh a bha coitcheann dhoibh uile, taobh a' mhathais is an aigh, taobh na h-earail is an deagh theagaing, an teagasc a bhiodh gu feum aimsireil nan daoine, is na b'fhearr uile gu léir, gu am feum spioradail is glòir a' Mhaighstir a chuir an cridheachan nam ban-uasal ud dol á lamhan a chéile anns a' chomunn so gu cothrom a thoirt do chloinn Mór-thir is Eileanan Siar na Gàidhealtachd air fòghlum sgoile fhaotainn an uair nach robh ach glé bheag de luim no de dhealbh air an fhòghlum sin fhaotainn air sheol sam bith eile.

## Bruadar Neònach

LE LATIMER MAC AONGHUIS, AN CEANN LOCH

**A**N uair a bha mi 'nam dhuine òg fhuair mi Èòlas air mnaoi-uasail a bha fuireach anns an aon bhaile rium-se, agus o'n a bha i gu math aonrachdach bhithinn a' tadhail oirre a nis is a rithist. Bha i'n a bantraich; mu thrí fichead bliadhna a dh'aois, agus rugadh i anns a' Ghàidhealtachd agus bha Gàidhlig gu leòir aice, ged nach robh aig an àm sin focal Gàidhlig 'nam cheann-sa.

Aon fheasgar a bha mi am shuidhe maille rithe aig taobh an teine, a' bruidhinn mu a teaghlaich—cia meud nighean agus ciameud mac a bha aice, agus c'aitè an robh iad—thubhaint i:

"Cha robh nighean agam idir, agus chan'eil mi duilich, oir bha dà nighinn aig mo phiuthar agus bha iad 'n an aoibhar cridhe-briste dhi bholà m an breith gus an robh iad pòsda agus an déidh sin cuideachd. Ach bha dà mhac agam."

"Agus c'aitè am bheil iad?" dh'fheòraich mi.

"Tha an t-aon as sine ann an Canada agus 'na dhuine mór an sin, ach ged a tha e cho mór chan'eil e a' dichiuimhneachadh a sheana mhàthar, oir tha e daoman a' cur pailteas airgid 'g am ionnsuidh agus fior chaoibhneil rium."

"Tha sin gasda," thuirt mi; "agus am fear eile; c'aitè am bheil esan?"

"Se sin sgeul mhuladach," thuirt i, agus bròn 'na guth. "Chailleadh e aig muir 'nuair nach robh e ach 'na bhalach. Bho 'n toiseach bha a chridhe riabh 'san fhairge agus bha e daonnan ag iarraidh bhi air falbh, ach cha tugadh 'athair cead dha. Uist, uist, bhiodh 'athair ag rádh, 'ni sam bith ach a' mhui'r.' Ach 'nuair a chaochail athair o chionn sia bliadhna deug thug mi cead do m' bhalach falbh, agus 'nuair a

thàinig e dhachaidh an déidh a' cheud thuruis bha e'na ghille eireachdail sgiobalta agus bha pròis orm d'a thaobh. Ma ta, chaidh e trì no ceithir de thurasan, agus aig gach tighinn-dhachaidh bha e na b'fhearaile agus na b'fhearaile agus bhiodh mo chridhe a' fas na bu truime is na bu truime aig gach dealachadh, oir bha mi a' faireachdaimh aonaranach.

"A mhàthair" ars'esan "gabhaidh mi greis air tìn an ath uair a thig mi dhachaidh agus fanaidh mi leibh trì no ceithir de mhiosan" Bha rud-eigin 'n am shùilean a' cur nam focal sud 'na bheul.

"Dh'fhalbh e gu cridheil sunndach agus cha robh mo shùil ri dochann sam bith dhà. B'e ainm na luinge, *An t-Eun Gorm*, agus bha i a' seòladh bho Liverpool gu Portland Oregon mu'n cuairt Cape Horn. Ma ta, cha robh mi, mar a thuirt mi, a' smaoineachadh air dochann sam bith dhà, ach aon oidhche mu thrí seachduinnean an déidh dha seòladh chunnaic mi bruadar—bruadar nach robh cneasda.

"Bhi mi am beachd gu robh mi a' coiseachd air taobh a' mhonaidh air maduinn ghasda ghrianach. An toiseach bha mi gu sona le milseachd an adhair, ach an déidh greise thòisich mi air toirt an aire gu'n robh rudeigin iongantach is neònach ann; bha e cho soilleir, cho fior soilleir. Bha na sléibhteán is taobhan a' mhonaidh agus na beanntan gorma fad air falbh cho deàrrsach glan soilleir's gu'n robh iad da rìreadh neo-thalmhaidh. Smaoinich mi rium fhéin: 'Se maduinn neònach a tha ann, agus anns a' mhionaid sheall mi suas an srath agus an sin, mu m' choinneamh, chunnaic mi tigh nach fhaca mi riabh an sin roimhe. B'e tigh mór a bha ann, geal is soilleir mar an

sneachd, agus balla iosal geal a' ruith mu 'n cuairt air. Ach b'e an culaidh-iongantais air fad a liuthad unneag 's a bha air beulaibh an tighe, sleath air muin sleath o'n lär gu mullach —'n a aon unneagan gu léir, agus gach té soillseach is boillsgeach mar gu'n robh gathan na gréine a' dealradh direach orra ged a bha a' ghrian air an cùl. 'Gu cinnteach, thuirt mi ri um rhein, tha an togail so na 's néónaiche na thogadh riambh le duine, oir chan 'eil dorus no fosgladh ri fhaicinn air an tigh no air a' bhalla.' An sin, gu grad direach mar gu'n togadh druidh a shlat dh'atharraich an srath gus an robh e 'na mhuir ghrianach luasgach agus anns a' mhuir bha slaod-uisge agus air an t-slaoduisge 'n a aonar bha mo bhalach. Bha a shuidheachadh neònach. Bha e mar gu'n tuiteadh e an comhar a bheòil; bha a chud-throm air a ghàirdeanán sinte agus bha 'aodann ag amharc a suas—le gàirdeachas.

Chunnaic mi na lagan-maise 'na grhuaidhean agus an t-acair a' deàrsadh 'n a *Ihersey*. Ach dh' fhairich mi gu'n robh rud-eigin ceàrr: cha b' urrainn dhà éirigh; agus bha e daonnan ag aomadh is ag aomadh a dh' ionnsuidh an tighe ghil leis na h-uinmeagan dealrach agus bha miann mór orm a chuideachadh ach cha b' urrainn dhomh; agus direach mar a bha na tonnan a' giùlan an t-slaod-uisge suas an aghaidh a'

bhalla, agus mise a' toirt glaodh-bais asam, 'An urrainn dhà nis idir éirighis e fhéin a thèarnadh!' thàinig 'athair 'na ruith a mach as an togai' mhóir ghil,—ciamar a fhuair e a mach cha bl urrainn dhomh fhaicinn, oir bha na h-uile ni a thachair iongantach is miorbhuiileach—agus dh' amhairc e gu feargach orm, agus chrom e thar a' bhalla iosal agus thog e am balach 'na ghàirdeana; anns a' mhionaid sin féin dhùisg mi, agus mo chridhe a' plosgartaich le eagal.

Cha chualas iomradh riamh air an luing, no air an sgioba; seachduin an déidh seachduin bha dùil againn gu'n togadh i ceann, ach chaidh na seachduinnean agus na miosachan seachad gun sgeul air an luing, is mo dheireadh thug mi suas mo dhòchas.'

Tha cuimhne agam gu'n d'éisd mi ris an naidheachd so gun fhocal a thighinn as mo bheul, agus an sin bho nach robh fios agam ro mhath ciod a theirinn labhair mi anns na briathan sin a bhios daoine a' gnàthachadh aig a leithid a dh' àm : 'Se sin sgeul ro mhuladach: cha'n iongantas eridh-briste a bhi agad.'

"B'ann gu brònach a bha mi," arsa ise gu simplidh, "bha tìme fhada mu'n do chasgadh mo dheòir, ach mu dheireadh bha mi comasach a ràdh. 'Thug an Tighearn uaith agus thug an Tighearn leis: beannaichte gu robh ainm an Tighearna.'"

## Ionndrainn Pheabuill

CHAILL coimhthional Pheabuill triùir éiléidhean bho chionn ghoirid; Iain Dòmhnullach an Sollas air an robh iomradh air a dheanamh cheana anns na duilleagan so; Iain Mac Fhearghuis (Iain Mac Dhòmhnuill mar theirteadh ris) a bha air cheann na seinn; agus Dòmhnull Dùghallach, a bha 'n a 'eldear fad ionadh bliadhna, an toiseach 's an Eaghais Shaor Aonaichte agus an sin an Eaglais na h-Alba.

Bha guth cho binn agus cho réidh aig Iain Mac Dhòmhnuill 's gu robh a sheinn 'n a chuideachadh mór do 'n t-searmonaiche agus 'n a thaitneas do 'n choimhthional a chluinntinn. Bha e furasd a leantuinn mar phrecentor.

Chaochail Dòmhnull Dùghallach ann am Barraidh, far an deachaidh e a chómhnuidh an déidh d'a' mhac a bhi air a shuidheachadh ann mar mhinistear. Bha e 'n a dhuine caomh, èasgaidh, dùrachdach, gaolach air sith; dièh-iollach an dà chuid 'n a dhleasdanasan aimsireil agus 'n a dhleasdanasan spioradail. Fliuch no tioram, fuar no teth, bhiodh e fhéin agus a theaghlaich 's an eaglais, Sàbaid is seachduin; a thaobh ni sam bith a bhuiねadh do shoir-bheachadh a' choimhthional cha bhiodh Dòmhnull Dùghallach air dheireadh. Gun a bhi leasg ann an gnothuicéan, bha e eudmhor agus dùrachdach ann an seirbhis an Tighearna, agus cuimhneachail air tìrnuig. D. M.

## Urram d'an dlíghear urram

THA sinn daonnan toilichte a chluinntinn gu bheil ministearan Gàidhealach air an cumail air chuimhne le Cléir nan Oil-thighean, agus toilichte gu sònruichte aig an àm so a chionn gu bheil Oil-thighe Ghlaschu a' dol a thoirt D.D. do'n Urramach Seòras Calder agus do'n Urramach Niall Ros, dà dhuine air a bheil muinnitir na Gàidhealtachd gu maith eòlach.

Bha an t-Urramach Seòras Calder a' teagasc Gàidhlig an Oil-thighe Ghlaschu fad ionadh bliadhna ach leig e dheth a dhreuchd

an uiridh, is tha a bhràithrean anns an Oil-thighe a nis a' gabhail a' chothroim sin air D.D. a thoirt dha anns an dealachadh.

Tha an t-Urramach Niall Ros air a shòn-rachadh gus an t-urram ceudna a bhi air a chur air a chionn gu bheil e comharrachte am measg mhinistearan eile mar Ghàidheal a tha eudmhor air taobh caint agus ceòl a dhùthcha.

Gu ma fada a mhealas iad le chéile an onoir a tha Oil-thighe Ghlaschu a' toirt dhaibh.



## Teagascg na Cloinne

*"Air son an leinibh so rinn mi ûrnuigh; agus thug an Tighearn dhomh m' iarrtus a dh' iarr mi air; uime sin thug mi seachad gu saor e do'n Tighearn: ré uile làithean a bheatha thugadh seachad e do'n Tighearn."*

—1 SAMUEL, i. 27-28.

THA an t-ainm Hanah a' ciallachadh maise no gràs, ach ged nach freagradh an t-ainm sin air a h-uile té bha e anabarrach freagarrach do mhàthair Shamueil, oir bha maise an Tighearn oirre fein agus air a teaghlaich, agus bha gràs Dhe 'n a cridhe.

M' an do rugadh Samuel dh' fhuling i cràdh anama fad bhliadhna chan a chionn nach robh duine cloinne aice, ach chuir sin air a glùinean i agus thug e na bu dlùithe i do Dhia. As na dòimhneachdan ghlaodh i ri Dia; dh' eisd Dia ri h-ûrnuigh is thug e dhi a guidhe.

Ach cha do sguir Hanah a dh' ûrnuigh an uair a thug Dia leanabh mic dhi; lean i air ûrnuigh air a shon, is choisrig i e do sheirbhis Dhe bho làithean 'oige. B'e a dùrachd agus a h-ûrnuigh daonna gu'n deanadh a mac seirbhis do Dhia 'n a theampull naomh.

Dh' fhaodadh Samuel a ràdh m'a mhàthair mar a thubhairt Augustine m'a mhàthair féin, gu robh a h-ûrnuighean 'n an saighdean 'n a chridhe. Theab Augustine cridhe a mhàthar a bhriseadh leis cho amайдeach 's a bha e, eadar seachd bliadhna deug is deich bliadhna fichead. Bhiodh i a' guidhe air daoine eile bruidhinn ris is comhairle a thoirt air; ghuaidh i air Easbuig àraidi feuchainn r'a sheachrana a dhearbhadh air a mac. Cha bu toigh leis an duine sin an dleasdaus a ghabhail os làimh, ach an uair a ghuaidh 's a ghuaidh i air le déör thubhairt e rithe, "Imich a bhean ann an sìth, air sgàth t' athchuingean féin chan fhaod do mhac a bhi air a chall." M'an d' fhàg Monica an saoghal chunnaic i a mac air iompachadh, is bha i sona.

Ach cha do thuit Samuel riamh ann an droch shlighean; choimhead e na h-àitheantan o 'oige. Cha b' aithne dha 'n a bheatha féin a leithid de phiosrachadh 's a b' aithne do Phol agus do Augustine agus do Iain Bunyan, daoine a bha cogadh ri spiorad an Tighearna ann an tùs an tòiseachaidh, agus a b' fheadar an inntinn agus an coluadar atharrachadh an uair a chreid iad an soisgeul. Ach chan e an aon dòigh a tha aig Dia air a h-uile duine a thoirt a steach d'a rioghachd; tha cuid a' dol a steach tràth, is cuid annoch; cuid anns a' mhaduinn, cuid air a' mheadhon-là, is cuid anns an fheasgar. Ach is e a' mhaduinn an t-àm is feàrr; an uair a tha an cridhe òg agus

a' choguis maoth, agus an fhùil blàth—sin an t-àm ceart air ar seirbhis a thoirt do Dhia. Chan 'eil ann an aithreachas-crìche ach a bhi cur sil aig an Fhéill Màrtainn. B'urrainn do Iain Wesley an uair agus a mhionaid innseadh anns an deachaidh iompachadh; "aig ceathramh roimh naoi 's a' mhaduinn air a' cheathramh là fichead de Mhai." Ach bha Samuel de aireamh nan daoine sona sin a tha fàs suas ann an rioghachd Dhe bho làithean an leanabachd, agus aig nach 'eil cuimhne c' uin a thug iad an cridheachan an toiseach do Dhia.

*Cia sona 'n ti do theagascg Dhé!  
Bheir éisdeachd gach aon uair;  
'S ri gliocas nèimh, le mòran tlachd,  
Philleas gu moch a chluas.*

Glé thric tha e a' tachairt gu bheil daoine a bha peacach is ain-diadhaidh os cionn chàich 'n an 'oige, ach a bha air an iompachadh, anabarrach eudmhòr air taobh an Tighearna, agus làidir is soilleir 'n an creideamh. Ach air a shon sin tha mi an dùil, na'm faigheadh màthraighean an roghainn, gu'm b' fheàrr leò am mic a bhi coltach ri Samuel seach a bhi coltach ri Augustine. Ach ma b' fheàrr leò sin, feumaidh iad ùine is càram is dragh a ghabhail air am mic a thogail agus oilleanachadh mar a thog Hanah a mac féin.

Ma dh' fheòraicheas màthair air bith ciamar a choisneas i a mic do Dhia bho 'n 'oige, so a their mise rithe, Bi thusa thu féin mar Hanah agus ni Dia do chlann mar Samuel. A mach o ghràs Dhe, dh' fhaodadh Samuel am buidheachas a thoirt d'a mhàthair uile gu léir gu robh e an ni a bha e.

I. Thog i e anns a' chreideamh gu'm bu tiодhlac o Dhia e. Fluair Samuel am beachd sin o mhàthair agus chreid e e, ach cha b' urrainn i a thoirt airson a chreidsinn mur biodh i 'g a chreidsinn i féin. Bha i 'g a chreidsinn, le a h-uile chridhe, a' creidsinn gu'n d' eisd Dia r'a h-ûrnuighean agus gu'n d' thug e dhi mac a chum gu'n oilleanaicheadh i e air son seirbhis a thighe féin. Tha clann anabarrach geur gus a thugisinn ciod a tha aig am pàrantan 's an amhare dhaibh, agus gaolach cuideachd air am pàrantan a thoileachadh, agus mar sin bha inntinn a' bhalach so air a cleachdadh riamh ris an smuain gu robh e air

a shònachadh a mach air son na ministrealachd, agus naomhaich an smuan sin a chridhe agus a bheatha.

II. Chuir i air chùram Eli e 'n a phàisde los gu'm biodh e air a theagasc ann an eòlas na firinn gu coimhlionta. A h-uile bliadhna bhiodh i féin a' dol suas gu Shiloh 'g a amharc, agus a thoirt dha falluinn a rinn i dha. B' àbhaist do shearmonaiche aimmeil a bhi ag innseadh na naidheachd so m'a mhàthair féin ; an uair a bha e 'n a bhalach cha robb e idir toigheach air dol do'n sgoil Shàbaid, ach bheireadh i air làimh air agus cha dealaicheadh i ris gus an liùbhradh i seachad e aig dorus na h-eaglais, ag ràdh anns an dealachadh, " Chan urrainn mise do dheanamh diadhaidh, air neo dheanainm sin, ach cuiridh mi thu do'n àite anns an coltaiche gu'm faigh thu gràs."

Sud boirinnach a bha riaghlaigh a teaghlach gu teamm smachdail, ach cia meud athair no mhàthair a ghabhadh an dragh an diugh dol leth-mhile le aon d' an cloinn 'g an liubhairt do'n sgoil Shàbaid ? Tha e air fhàgail aig a' chloinn a ràdh eo dhiu a théid no nach téid iad do'n eaglais no do'n sgoil Shàbaid, agus na pàrantan gun de sgoinn aca na smachdaicheas iad ma dhiùltas iad. Cha bhithantea le clann fulang a chionn nach 'eil gaol aig am pàrantan orra, ach is bitheanta leò fulang a chionn gu bheil am pàrantan gun sgoinn. Chan e cion gaoil is coireach gu bheil uiread cloinne a' fàs suas gun bhi air an teagasc gu ceart anns a' Chreideamh Chriosduidh, ach cion nach 'eil sgoinn no faidhdinn aig am pàrantan, agus nach gabh iad iùne no cùram no dragh an teagasc mar bu chòir dhaibh.

III. Bha fhios aig Samuel o bha e 'n a leanabh gu robh eridhe a mhàthar suidhichte air e bhi 'n a shagart agus 'n a sheirbhiseach do Dhia, agus mar sin bha ghaol 's a dhleasdanas d'a mhàthair 'g a tharruing air an aon cheum r'a ghaol 's a dhleasdanas do Dhia. Chan e mhàin gu'n tuig clann smuaintean am pàrantan an uair a bhruidhneas iad riù, ach tuigidh iad iad an uair nach bruidhinn iad idir ; leughaidh iad smuaintean dìomhair an eridhe, agus is e na smuaintean sin an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as mò orra. Ged nach h-abradh a phàrantan aon fhacal ris, is aithne do bhalach gu maith gu dé a bu mhò a bheireadh dhaibh briseadh-dùil d'a thaobh, no a bu mhò a chuireadh carraig orra ; is léir dha an e a bu mhaith leò fhaicinn ann gleusdachd na marsantachd seach spiorad na diadhaidheachd. Ma chi e gu'm bu ghasda leò gu'n deanadh e airgiod agus gu'm faigheadh e air thoiseach air balaich eile anns an t-saoghal, no ma chi e gu bheil am barrachd meas aca 'n an eridhe air glicias na nathrach na tha aca air neolochdas a' chalumain, cha ruig iad a leas dùil

a bhi aca gu'n toir e mòran aire do na comh-airlean cràbhach a bhios iad a toirt dha, air sgàth an fhasain. Ma chi clann gu bheil am pàrantan gun suim do 'n eaglais no do diadhaidheachd, ach furachail a thaobh an tsaoaghail agus malairt an t-saoghal, tha e nàdurra dhaibh a shaolinsinn nach 'eil e mar fhiachaibh orra rioghachd Dhe iarraidh air tú.

\* \* \* \* \*

Bho chionn ghoirid bha mi a' seancha-as ris ministear eile mu theagasc na cloinne, agus bha esan de'n bheachd nach 'eil pàrantan comasach air an teaghlaichean a theagasc, agus thubhairt e gu'm biodh cùisean na b' fheàrr na 'm fágadh iad an dleasdanas sin uile gu léir aig na maighstirean-sgoile, daoine a tha air an ionnsachadh air teagasc. Bha e de'n bheachd gu bheil móran de'n obair a tha air a deanamh anns na sgoilean—Sàbaid a cheart cho tuathal agus cho beag tairbe ri teagasc nam pàrantan féin, agus cha leigeadh e a steach annta fear no té mur robh iad air an ionnsachadh air clann a theagasc. Ach cha d' aontaich mi leis an duine idir. Coltach ris a' chorr de na daoine nach h-urrainn dol air each gun dol thairis air bha mo charaid ag àrdachadh na h-acfhuinn os cionn an duine a tha 'g a làimhseachadh. Sin mearachd as mò a chithear an diugh ann an sgoilean na dùthcha ; acfhuinn air a' cur os cionn an duine. Ach is mò an duine na'n acfhuinn, agus is mò an spiorad beò na riaghailtean paipeir. Cha chuir duine túrail air bith òrduigh is riaghait is ealadhain an suarrachas ; tha iad cho feumail ann an teagasc 's a tha iad ann an rud air bith eile, ach tha aon rud is mò agus is cumhachdaiche na iad uile, agus is e sin spiorad beò an duine a tha air an cul. An duine a b' fheàrr a chunnaic mi riamh a' seasamh ann an sgoil-Shàbaid am measg cloinne, cha b'e maighstirsgoila a bha ann ach clachair ; theagamh gu'n abradh luchd na h-ealadhain nach b' aithne dha teagasc agus nach robh na dòighean a bha aige ceart. Ach mur robh, bha e 'n a dhuine gaolach agus 'n a dhuine iriosal, agus cha do shuidh balach riamh làimh ris nach do mhòthaich rud beag air choreigin de mhaise na diadhaidheachd ann, agus nach d' fhaireach gur e eagal an Tighearna tú a' ghliocais. Mur fairich clann sin, agus mur fairich iad gur h-e firinn, is ceartas, is irioslachd, is coibhneas, is gràdh, na nithean as ion-mhiannaichte anns an t-saoghal, chan 'eil an teagasc a' deanamh maith air bith dhaibh. Chan e daoine a dhinneas cinn na cloinne le fiosrachadh mu'n t-sionagog no mu Ghehasi a tha dhùth oirnn anns an sgoil-Shàbaid ach daoine air a bheil eagal an Tighearna iad féin, agus aig a bheil dian iarrtus air a' chloinn a thàladh gu Criosc

agus gu seirbhis a rioghachd ; daoine a tha iad fín cho Criosdail 'n an cainnt agus 'n an caith-eamh-beatha 's gu'n cuir iad blas maith air an diadhaidheachd do'n chloinn. Gheibhear an seòrsa sin cho bitheanta ann an àitean eile 's a gheibhear iad am measg 'n am maighstirean-sgoile.

Sin an teagasg tarbhach, an fhaireachduinn so a dhùsgadh ann an eridheachan na cloinne gu bheil thu a' smuaineachadh air cor an anama a cheart cho mhaith 's a tha thu a' smuaineachadh air an aodach, no air am brògan,

no' air an aran làthail a chosnadh. B' fheàrr dhuit fada eian ùrnuigh ghagach a dheanamh maille ri d' chloinn seach gu'n rachadh aon là seachad gun maitheas Dhe a bhi air aideachadh leat agus gun a bheannachd a bhi air iarraidh. Ma thug Dia clann dhuit thug e dhuit a' bheannachd as prisile as urrainn e a thoirt do chàraid phòsda, ach cuimhnich gur h-e do dhleasdanas an togail agus an teagasg air son a sheirbhis fín. Cuimhnich air Hanah, agus dean thusa mar an ceudna, agus theagamh gu'm bi Samuel agad ann ad theaghlaich.

## Litrichean as a' Ghleann

LEIS AN URRAMACH NIALL ROS, B.D., CILL-MO-RUBHA AN ILE

**T**HA an gleann as bòidhche ann an Ile mu thrì mile bho 'n tigh agam. Chan 'eil móran sluaigh a' fuireach ann a nis, agus tha am beagan a tha ann a' dol an lughad o blliadhna gu bliadhna. Ach tha cuimhne mhath aig feadhainn a tha beò fhathast air Gleann Mhuiledreagh a bhi làn sluaigh, àireamh mhór dhiubh a' cur seachad am beatha far an deachaidh an àrach, a' toirt an teachd-an-tir as an talamh, a' togail theaghlaichean fallain dreachmhòr ; cuid eile dol do'n Ghalldachd no do thireann céin far am biodh gràdh chàirdean no ainm fortain 'g an tarruing.

Am measg na muimtír a bha gabhair còmhuidh anns a' Ghleann o chionn còrr is ceud bliadhna bha Dòmhnull Mac Mhathain aig an robh earrann de bhaile fearainn Chaonaigairigh air taobh àrd a' Ghlinne. Bha e 'na chleachadh aige bhi sgriobhadh gu caraid ann an Glaschu an drasd a' riuthis agus lean na litrichean air dol is tighinn o'n bliadhna 1838 gu ceud mhios a' gheàmhraidih, 1841, 'nuair a chuir bàs Mhic Mhathain stad orra. Air an t-seachdadh là de 'n mhios sin chaidh e fhéin is triùir eile a ghearradh fiadha air son shùirsdean do Ghleann Phroaig ann an sgìreachd Chill-Daltainn. Thàinig trom shneachd tràth anns an là. Rinn an t-each a bha leò a rathad dhachaidh agus b'e sin a thug a' cheud chaismeachd do mhuimntir a' Ghlinne gu'n robh ni-eiginn ceàrr. Thog iad a mach agus fhuair iad na ceithir fir marbh anns an t-sneachd. Chan 'eil ro fhada o na chaochail bean anns a' choimhearsnachd aig aois ceud bliadhna 's a dhà aig an robh cuimhne mhath air na ceithir chuirp fhaicinn air an giulan dhachaidh air lunnan, agus beagan an déidh sin air an giulan fear an déidh fir, gu seana chladh Chill-mo-Rubha far a bheil a' chuid mhór de shluagh an àite 'n an laighe.

Bha meas mór aig a' charaid air Mac Mhathain. Ghléidh e na litrichean a fhuair

e uaith agus chlò-bhuail e iad ann an 1854. Faodar a bhi cinnteach nach 'eil móran de na leabhrain bheaga an làthair a nis ach thachair dhomh gréim a dheanamh air fear dhiubh, agus anns a' chuid eile de 'n t-seanachas bidh e cho math leigeadh le Mac Mhathain fhéin bruidhinn mar as trice ach a mhàin far am bi feum air solus a chur air cuid de na gnothaichean air a bheil e deanamh ionraidi.

Annas a' cheud litir tha Mac Mhathain ag innseadh d'a charaid mar a shaothraich gràs Dhe air an toiseach. Chaill e triùir leanaban gu h-athghearr an déidh a cheile, agus, an àite bhi air a chruadhachadh leis na buillean, 's ann a bha iad 'n am meadhon an aithreachais dha do nach gabhar aithreachas. "Tha mi gu saor ag aideachadh dhuit," tha e ag rádh, "gu'n robh mi air mo chur mu'n cuairt tre laigse na feòla ach air dhomh sealltuinn air a' chùis ann an solus a b' àirde chunnaic mi gu soilleir gu 'n robh mo chridhe air choigrich o Dhia. 'S ann 's an uair sin a mhothaich mi cho ro-pheacach 's a tha am peacadh. Rinn mi an sin Dia a mholadh air son a choibhnis gu 'n d' rinn e ni a bha mise a' meas 'na àmhíghar 'na mheadhon air m' aire a thogail o dhiomhanasan diombuan tim gu smaointeachadh maireannach air mo shlàinte shiorrhuidh agus gu Criosd a dhùth-leantuinn mar m' phasgadh agus mo theàrmunn. 'S ann a nis a bu ro- mhiannach leam do chuideachd oir, mar as math a tha fios agad, chan 'eil ann an so ach àite lom far nach 'eil eadhon a h-aon agam ris an cùm mi cuideachd ach tha na Sgriobturan dhomh 'n an tobar sonais air nach 'eil traoghadh sam bith."

Mar a tha fios aig leughadairean eachdraidh na h-Eaglais b' e so àm Cath-nan-Deich-Bliadhna, a thàinig gu ceann ann an 1843. Mu'n do thòisich Mac Mhathain air sgriobhadh bha an Cath anns gach oisein de 'n

rioghachd agus bha mbiann air a' cheisid a bha togail na còmhstria rannsachadh a mach. Ann's a' cheud litir tha e ag ràdh gu 'm biodh e an comain a charaid na' n toireadh e dhà a bheachd fèin air a' chùis a chionn nach robh e air son tighinn gu co-dhùnadh air bith tuilleadh is cabhagach.

### Cadal na h-eaglais

Ann's an ath litir tha e toirt buidheachais seachad. "Mar a tha fhios agad," tha e a' sgriobhadh, "bha taobh agam riamh ri Eaglais na h-Alba. . . . Tha mi an dòchas gu 'm bheil fhathast am measg a h-ùrach móran de fhìor luchd-leanmuinn Iosa Criosd agus àireamh mhiniestrean a tha ri saothair gu dileas a chum an leisgein a dhùsgadh as a shuain. Am measg na h-àireamh sin tha mi a' cur Mgħr Pearson, Cill-mheanaidh. Chan 'eil fhios agam gu dé dh' éirich do mhuinntir eile ach fhuair mise fuasgladh agus comhfhurtachd bho éisdeachd. . . . A charaid għarr-dhaicħ, tha a bhi smaointeachadh nach gabh sláinte faotainn ann an Eaglais Shasunn no ann an Eaglais na h-Alba no ann an eaglais Dhùrħchasaich sam bith neo-sgriobturaill agus cha mhor nach 'eil mi ag ràdh, cunnartach. 'Ann's gach uile chinneach a ta an neach air am bheil eagal-san agus a ta 'g oibreachadh fireantachd taitneach aige'."

"Am faod sinn teagamh a chur ann an diadhachd dhaoine coltach ri Newton, no Harvey, no iomadh aimm urramach eile? Tha mi 'g innseadh gu saor nach d' rinn mi suas m' inntinn fhathast. Tha mi an so an àite cho iomallach 's nach 'eil móran chothroman agam air luchd-teagaisg nach buin do 'n Eaglais a chluimintinn. Tha Mgħr Mac Labhrainn cho fad air falbh. Tha Baistich a' tighinn an radhad gu cumbhalach ach tha mi a' meas am beachdan an aghajid baisteadh nan leanaban mearachdach. . . . Chan 'eil ùine agam dad a sgriobhadh mu' m'fhaireachadh fèin mar bu mhath leam ach tha mi a' socrachadh air Criosd 'na aonar air son sláinte."

### Eaglais is Staid

Ann an litir eile tha Mac Mhathain a' toirt làmh air a' cheisid so as ûr. "Tha a leithid air a labhairt air dà thaobh cùis na h-Eaglais an dràsd 's nach 'eil e soirbh barail sheasmhach a thoirt seachad. Bha mi 'n còmhnuidh de 'n Bharail gu 'm milleadh *Patronage* Eaglais na h-Alba ach is gann a tha cothrom air an Achd a bhriseadh. Ma bhios *Patronage* air a thoirt *bho* na h-uachdarain agus *do* 'n Chleir is gann a bhios an gnothach dad na's fheàrr. Bu chòir sochair-taghaidh mhiniestrean a bhi aig an luchd-comanachaidh agus saorsa bhi aig *Dissenters* bho uallach no ceangal sam bith o' m

faod iad a bhi fulang. Tha fhios agam gu 'n abair thu nach bu chòiri ceangal sam bith a bhi eadar an Eaglais agus an Staid ach gu 'm bu chòiri do gach aidmheil am ministirean fhein a thaghadh 's a phàigheadh. Ach smaointich, a charaid chaoimh, dé dh' éireadh a mach a lagħannan cabhagach de 'n t-seòrsa sin. Bheireadh iad, car ùine co dhiu, tiugh dhorchadas air a' chuid as mò de sgireachdan Alba a chionn nach biolħ iad comasach no deònach gu leòir airgiad a thogail gu ministirean a chumail suas. Ged a dheanadh *Dissenters* na tha 'n an comas air an t-soisgeul a shearmonachadh, gidheadh bheireadh an sluagh neo-iompaichte, saor o stamhnadh is lagħannan is cinn-iu na h-Eaglais, srian fhuasgaite d' an ana-miannan. Smaointich air an toradh!"

### Gaol leabhrachean

Bha aon ni a bhiodh Mac Mhathain a' sparradh gun sgur air a charaid, leabhrachean a chur thuige. Tha am posta a nis a' giulàn leabhrachean de gach seòrsa a h-uile feasgar. Tha na paipearan-maidne air an toirt trath de 'n là mar uidhe thrì mile do lārach tighe Mhic Mathain leis an t-soitheach adhair. Ach 's an àm ud cha robh posta a' tighinn ach uair anns a' cheithir-là-deug. Cha toireadh e leis anns a' mhàileid ni na bu truime na paippear-naidheachd is litir a chosdadh le chéile eadar faradh is pris faisg air leth-chrun. Cha robh doigh air leabhar fhaighinn ach an uair a thigeadh caraid as a' Għalldachd a bheireadh leis iad anns a' chiste, agus sin mar a bha iad a' tighinn gu Mac Mhathain. "Thug do bħarrha," tha e ag ràdh, "thugam dà leabhar," Paipearan Stuamachd agus òran da 'n ainm "an Ais-éirigh." "Fhuair mi na leabhrachean," tha e ag ràdh ann an àite eile, "agus leugh mi *Sābād an duine bħocħid* gun dail. Tha e coltach ri *Oidħche Shathurna a' Choiteir*, agus chan 'eil e comasach do neach air bith am meas freagarrach a chur air na nithean air am bheil na bāird a' bruidhinn ach neach a chunnaie iad 'na dhachaidh fhein. Nach tlachdmhor an fhearas-chuideachd a tha ann an oibrīb briegħmhor coltach riutha sud ach, gidheadh, o na nithean neo-chiontach ud tha cuingead cui'd 'g ar dùnadh a mach. 'Tha mise, arsa neach, 'an déidh gach leabhar a bha agam ach a h-aon a thilgeadh a mach. Dean thusa an ni ceudna agus bi glic.' . . . Is e am Biobull tiġodħlaq iomlan Dhe dhuinn a dh' ionnsuidh a' bħaile nèamhaidh agus chan urrainn sinn a bhi dūrachdach gu leoir ann a bhi rannsachadh a bħriathrañ naomha. Ach a dh' aindeòn sin tha mi de 'n bheachd gu 'm b' fheàirid gach duine òg a bhi leughadha chan e mhàin leabhrachean diadħachd ach mar an ceudna seann eachdraidh agus eachdraidh ar latha fèin agus sgriobhadh dhaoine

mór-inntinneach. Chan 'eil ann an *novels* ach leughadh neo-tharbhach agus air leabhairchean a tha a' cur an aghaidh a chreideamh tha gràin aig m' anam. "Tha cuid de leabhairchean," arsa duine aimneil, 'air am faod thu blasad, cuid eile a ghabhas slugadh agus beagan a dh' fhaodas tu chagnadh agus a chàmh.'"

Tha annas air cuid an diugh gu 'n cuireadh daoine iad fhéin mu 'n cuairt air son èolaist 'nuair a dh' fhaodadh iad an gnothach a dheanamh math gu leòir as aonais. Tha e a' cur iongantais air móran eile a chaidh a thogail air uirsgeulan Uilleam le Queux agus pacarras de 'n t-seòrsa sin ciamar a bha Mac Mhathain agus a leithid beò far nach gabhadh leabhairchean a' chùill-bhuidhe 's nan sia sgillinn faotainn. Chuir mi oidhche gheamhraidh seachad o chionn ghoirid ann an aon de thighean-òsda Ghláschu, agus an déidh na suipeir dh' fhoighnich mi de ghille nam bròg am b' urrainn e leabhar sam bith a thoirt dhomh a chuireadh seachad an t-ùine. "Am bitheadh suim agaibh," arsa esan, "de dh' aon de leabhairchean Edgar Uallais?" Thubhaint mi ris nach bitheadh. "Ma ta, tha mi duilich," thuit e, "nach 'eil leabhar eile agam an dràsd a stigh as fhiach an t-saothair." A h-uile fear gu a chàil, mar a their sin, ach 's math nach riaraich Edgar Uallais no eadhon Tearlach Dickens cail a h-uile fir. Ma bha biadh Mhic Mhathain trom bha e fallain agus bha daoine foghainteach air an àrach leis.

### As an phasan

Tha a' chuid mhór de na leabhairchean a tha e ag ainmeachadh air dol a cuimhne a nis agus tha cuibhriòn mhath dhiubh nach bi air an clò-bhualadh tuilleadh ach bha iad feumail 'n an là, agus bha daoine matha fo fhiachan dhoibh. Tha e toirt taing d'a charaid air son Litrichean Newtoin agus air son dàin de 'n robh mór ainm aig an àm, *an t-Sàbaid*. Tha dàn eile ann, *An Gearan*, no *Smaointean na h-Oidhche*, air son am bheil e a' toirt mór bhuidheachas. Bha an dàn so cho fada 's gu 'm b' eudar do 'n ùghdar, ministear Sasunnach d' am b' ainm Young, a roinn 'na naoi earrannan. Feumaidh mi aideachadh ged a tha dàn Young agam a stigh o chionn faisg air dà fhichead bliadhna nach do leugh mi riagh gu cheann e. Cha mhò a thachair mi air duine sam bith eile a b' urrainn a radh gu 'n d' rinn e fhéin an gnothach air. Cha lugha na *Professor* air a làn phàigheadh air son na h-oibre a dheanadh an t-seirbheis, ach tha Mac Mhathain ag ràdh gu 'n do leugh e an dàn o cheann gu ceann, agus gu 'm bheil e fad an comain an fhir a chuir a leithid de leabhar brioghmhòr 'na rathad.

Bha na paipeirean-naidheachd na bu ghainne na leabhairchean aig an àm, agus chan 'eil

teagamh nach biodh an oidhche gheamhraidh fada a dh' aindeoin *Gearan* Young no *Tursain* Mhic-Thomais. Aig aon am tha Mac Mhathain a' cluinnitinn gu 'm bheil an *Seanachaидh Gàidhealach* a' dol a thighinn a mach agus tha dochas aige gu 'n tig e an rathad Ile.

Tha e 'g iarraidh air a charaid mar an ceudna paipeir a chur thuige. "Air mo ghearradh air falbh, mar a tha mi, o cho-chomunn a mhór-shluagh tha ni air bith blasmhor a thig le caochladh èolaist. Tha e toirt brosnachadh-inntinn seachad agus a briseadh sios na h-aonaranachd a tha co-cheangailte ri beatha duine air dùthach na Gàidhealtachd. Cuir, ma's e do thoil e, paipeir thugam a nis 's a rithis chan ann a chionn gu'm bheil mór àigh agam ann an deasbaireachd Parlamaid ach gu'm bu mhath leam fhios a bhi agam dé tha dol air aghaidh anns an t-saoghal."

### Stuamachd no tur-sheachnadh

Bha ceisd eile ann air an robh caraid Mhic Mhathain a' cur mór chudhrum. B' e sin ceisd na stuamachd. Bha Mac Mhathain 'na dhuine measarra mar bu chòir do gach Criosduidh a bhi ach bha a charaid air son gu 'n ceangladh e fein ri buidheannan *Teetottalers* mar a their iad riutha. Cha robh sin soirbh do neach air bith aig an àm ud a dh' aindeoin dé cho stuama 's a dh' fhaodadh e bhi. Bha uisge-beatha air òl aig àm breith is bàis, aig banais is margadh; far am biadh sluagh cruinn, co dhiu bhiodh ann aighear no bròu, dh' fheumadh an deoch làidir a bhi làthair agus 'na lorg bhitheadh, tuilleadh as tric, connasachadh is mi-riaghailt. Bha fhios aig Mac Mhathain ro-mhath air gach crois a bha 'n cois na dibhe ach, mar a tha e ag ràdh, bha eagal air a bhi air ainmeachadh 'na "splocaire bochd" leis na coimhearsnaich. Sgur e fhéin do bhlasad air idir ach na b' fhaide na sin cha rachadh e aig an àm.

Chan 'eil cleachdadh cho soirbh a stad 's a tha daoine am beachd—gu h-àraighe cleachdadh a fhuair a fhreumhan sios ann am beatha an t-sluagh. O chionn beagan tìue chuala mi duine glic a' cur na ceisd ri mhàthair, bean chaomh a thàinig gu aois mhór agus aig an robh cuimhne fhada "nach 'eil beachd agaibhse 'nuair a bhiodh iad a' feuchainn réis na cairtean a' tighinn dhachaidh o chomanachadh Ch . . . ?" "Moire! tha," ars' a mhàthair, "agus iad a' call nan rothan ach eo bhiodh air thoiseach." Ann an aon de na h-eileanan tuathach thàinig am bàs air fear de dh' eildeir-ean na h-eaglais agus chomhairlich ceistear an àite, a bha fada 'n aghaidh na deoch làidir, do theaghlaich an fhoirfich gun bhoinne uisge-bheatha bhi air an tioldhlacadh. 'S ann mar sin a bha, ach an uair a thàinig bràthair an eildeir dhachaidh as a' Ghalldochd cha robh

bonn fo chéill le feirg. “ ‘S glice do ‘n cheis-tear mise a sheachadh,” ars’ esan, “ ma tha e air son a chnàmhan a bhi slàm—am fear a thiodhlac mo bhràthair mar gu ‘n tiodhlaiceadh e cù.”

A dh’ aindeoin cho ceàrr ’s a bha an cleach-dadh a bha measg an t-sluaigneach cha rachadh Mac Mhathain le charaid an t-astar a bha a charaid ag iarrайдh.

“ Chan ’eil mi, tha e a’ sgrìobhadh, “ ann am Teetotaller uile gu léir. An aon ni ris nach aontaich mi anns a’ bhoid a tha na Teetotallers a’ tabhairt ’s e so nach bi mi am mheadhon air neach eile ‘ga fhaotainn. Cha ghéill mi do ‘n riaghait sin gus an cuir sluagh na dùthcha stad air a’ chleachdad aig àm breith is bàis. Tha làn-fhios agam gu ‘n abair thu gu’m feum euid-eiginn toiseach seasnhach a ghabhail an aghaidh an droch cleachdaidh agus tha mi cur m’ aonta ri sin gu saor, ach tha trì argum-aidean agam an aghaidh seasamh a mach leam fein—m’ athair, mo mhàthair, mo bhean —triùir nach cluinn iomradh air mi dhol cho fada sin air m’ aghaidh.”

### Cor na dùthcha

Chan ’eil e a’ toirt iomraidh air teachd-an-tìr an t-sluaigneach mar bu mhath leinn no air móran nithean a bha cur dragha orra aig an àm no cia mar a bha iad a’ cur seachad na h-uine ‘nuair a sguireadh obair an latha. Uair no dhà tha e ag ainmeachadh dhroch phrisean agus ag ràdh mur b’ e athair ’s a mhàthair a bhi fàs aosda gu’m fágadh e Ile ’s gu’m feu-chadh e fhortan anns a’ bhaile mhór. Rinn e iomraidh aon uair air Dinneir Bhliadhnaill nan Tuathanach ann am Beul-an-àth ach dad sam bith a sgrìobh e mu dheighbinn na cuirme chan ’eil e air a chlò-bhualadh. Faodaidh e bhi gu ‘n d’ thug sràidean a’ bhaile tlachd na spréidhe á cridhe a charaid no gu ‘n deach innseadh dha ma chaidh deoch-an-dorus mu ‘n euairt tuilleadh is tric. Ciod air bith a b’ aobhar tha naidheachd na cuirme a dhìth oirnn. Bha aon ní á thug toil-inntinn dha, gu ‘n d’ thàinig pris na litreach o thrì sgìllinn diag is bonn a sia gu sgìllinn. Bidh cuimhne aig luchd-leughaidh an Teachdaire Ghàidhleach aich cho borb’s a dh’ fhàg an t-Achd ud seana Chalum Posta ann am Muile, ’s an spìd a thilg e air an fheadhainn nach d’ fhuair litir riamh no an aithrichean rompa gus an d’ thàinig am faradh gu neo-ni. Tha Mac Mhathain ag ràdh gu’n robh Ile o cheann gu ceann ro-thaingeil air son an tiodhlac thimeil agus bhuanachdail a thàinig air an Eilean. Am bitheantas tha e fhéin toilichte le a charran-chur, tha a’ bhliadhna ann an làimh an Fhreas-dail mar a tha beatha an duine, agus tha fior shonas ann a bhi leagta ri thoil. “ Do thaobh

daoiread bidh agus suidheachadh dhaoine bochda tha mi a’ creidsinn gu’m bheil sinne anns a’ Ghleann mar a tha sibhse ann an Glaschu. Ach chan ’eil coinneamhan *Radicals* no *Chartists* againn ann an Ile, ni a tha, dh’ aon rud co dhiu, a’ caomhnadh cuid de ‘n uine do ‘n luchd obrach. Tha ‘n aire uile air uiread ’s a tha na ‘n comas a chosnadh d’ an teaghlaichean. Chan ’eil ùigh mhór agam ann an connsachadh Pàrlamaid ach tha mi creidsinn ma cheadaicheas am Freasdal dhuinn àm fàbharach agus ma chumas am buntata roimhe mar a tha e ‘n dràsd gu’m bi pris na mine na ‘s isle na bha i o n’ as cuimhneach leat.”

### Na cnàmhan tioram

Chan ’eil Mac Mhathain ann an litir sam bith a di-chuimhneachadh cor spioradail a’ Ghlinne agus Ile air fad. “ Tha anns an àm so,” tha e sgrìobhadh, “ gluasad neo-ghnà-thach anns an Eilean agus iomadh neach ann an Eaglais na h-Alba agus am measg na muinntir an taobh a mach a’ feoraich eiod a ni mi a chum ‘s gu’m bi mi air mo thèarnadh? Tha Mr Pearson, Cill-mheanaidh, an déidh coinneamh ûrnuaigh sheachduinn a chur air bonn a tha móran a’ frithealadh ’s troimh am bheil math sònruichte deanta. Tha e teagasc sgoil-Shàbaid mar an ceudna a tha air a frith-ealadh le àireamh mhór de sheann daoine ’s de dh’ òigradh. Tha eadhon seana Mhr Mac-an-Toisich fhéin na ‘s dùrachdaiche na ‘s ábhaist. Dh’ eisd mi ri trì searmoin bhuaith a dhùriugh orm gu mór ’s bho ‘n d’ fhuair nui solus sònruichte. (Sean-Fhacail viii, 3.) (Is. vi, 1-6.) (Is. xli, 14.) Am measg nan Neo-Eiseamaileach (*Independents*) tha duine òg, Mac Illeathain, gobha, a tha searmonachadh gach là Sàbaid ann an caochadh àitean de ‘n Eilean. Tha meas mór air ach cha chuala mi fhathast e. Am measg nam Bais-teach tha soirbheachadh math. Air an t-Sàbaid so chaidh chuireadh triùir ri ‘n àireamh le bhi air an tumadh anns an abhainn aig drochaid Mhuiledreagh.

B’ e “ seana Mhr Mac-an-Toisich ” air am bheil Mac Mhathain a’ labhairt ministear Chille-mo-Rubha agus b’ ann ’s an eaglais aige ann am Bogha-mór a bhiodh Mac Mhathain ag aoradh. Thàinig am bàs air anns a’ bhliadhna 1842. Chan ’eil duine beò an diugh aig am bheil cuimhne air ach, fhad ’s a tha beul-aithris a’ dol, bha e ‘na dhuine coibhneil agus ‘na mhimistear dileas. Chan ’eil Neo-Eiseamaileach a nis ann am Ile o cheann gu ceann ’s cha mhò tha Baisteach anns a’ Ghleann. ‘S gann a tha duine idir anns a’ Ghleann an coimeas ris na bha ann aon uair. Am bliadhna tha an sgoil air a frithealadh le dusan ; beagan uine air ais thàinig an àireamh gu sia. ‘Nuair

a thig sgalag no tuathanach do'n àite le sianar no seachdnar chloinne bige bidh sinn cinnteach gu'm bi an sgoil air a cumail fosgailte, ach 'nuair a dh' fhagas e an Gleann tha sinn air air clisgeadh gu 'n toir e an sgoil leis. 'Nuair a bha Mac Mhathain a' sgriobhadh nan litrichean bha i, gu h-àraidh an àm a' gheamhraidh, air a frithdealadh le sia fichead. Tha sinn an dòchas nach tig an àireamh cho iosal ri sianar tuilleadh.

Bu mhath leinn gu 'm biodh an tigh 'na cheannuidhe do 'n chloinn bhig feedh na seachduin agus air an t-Sàbaid gu'm biodh iad fén\* 's am párrantan a' togail fonn nan Salm ann mar a chleachd an athraichean. Tha sinn an dòchas mar an ceudna gu'm bi 'iomadh neach air a theagastg ann a bhios, coltach ri Dòmhnl Mac Mhathain, "fhathast a' labhairt" ri càch an déidh dha fhéin an saoghal fhàgail.

## Latha Bais Chaluim Cille (A.D. 597)

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FRIONGHUIN, PH.D., AN CILL-MO-NAOMHAIG

**I**S iongantach da rireadh an cliù a choisinn Calum Cille. Tha còrr maith is tri cheud deug bliadhna bho na chaochail e, agus fhathast, tha ainm na's ionraitiche agus na's dealraiche na ainm air bith eile ann an uile eachdraidh na Gàidhealtachd. Mar a tha fhios aig na h-uile, shuidhich esan tigh-soluis ann an eilein I, a las a suas cha'n e a mhàin a' Ghaidhealtachd ach dùthchannan mu dheas mar an ceudna, le eòlas na beatha maireannaich. Is cinnteach gu'n robh a chomh-sheirbhisich airidh air roinn nach beag de'n chliù a thuinnich m'a cheann-san; ach a dh' aindeoin sin, tha e soilleir gu'm bu duine priomhsail a bha ann-san air gach doigh, le fuil righean 'na chuislean, laidir 'na bhodhaig, maiseach 'na phearsa, cumhachdach 'na inntinn, eudmhòr 'na spiorad, coisrigte gu seirbhis ann an aobhar Dhè; agus gu'n d'thug e eiseimpleir d'a mhuinntir, a dh' fhadaich an spioradan, agus a lean mar chuimhneachan beo 'n am measg cho fada is a sheas an eaglais Cheilteach anns an duthaich.

Cha'n ann air a sheirbhisean móra anns an t-soisgeul a tha an t-iomradh a leanas, ach air a ghluasad air an latha mu dheireadh a chaith e anns an t-saoghal, a réir mar a tha Adamnan, a sgriobh eachdraidh a bheatha, 'ga innseadh. Cha bhiodh e furasda naidheachd is druidhliche fhaotainn mu chrìch turuis naoimh air bith. Ma bha a bheatha cumhachdach, bha a bhàs caomhail, gràsmhor, coltach ri luidhe na greine air feasgar ciùm sàmbraidh, gun reul 'na còir. So mar tha Adamnan ag aithris mar a thachair :

Air latha na Sabaid (Di-Sathuirne) chaidh an duine urramach, is Diarmad, a ghille dileas, maille ris, a bheannachadh an t-sabhuil a bha dluth ri laimh. An deidh do'n naomh an sabhul agus dà mheall de ghràn glan a bha ann a bheannachadh, chuir e an ceill a thaingealachd anns na briathran so : "Tha mi aoibhneach air sgàth mo mhanach ghràdhach, gu'm bi am paileas agaibh am bliadhna mar an ceudna, ma's fleudar dhomh dealachadh ribh." Air do Dhìarmad so a chluinntinn, dh'fhàs e brònach,

agus thubhairt e :—"Athair, tha sibh a' cur duilichinn oirnn ro thric an dràsda, á toirt tarruing o àm gu 'ám air a bhi dol 'g ar fágail." Ach fhreagair an naomh e :—"Tha facial beag, diomhair agam ri a thoirt dhuitse; ma gheallas thu gu firinneach nach foillsich thu e do neach air bith mu'm bàsaich mi, bithidh e comasach dhomh labhairt riut mu m' thriall, le barrachd saorsa." Air do'n ghille gealltuinn, air a ghluinean, a reir iarrtuis an naoimh, lean an duine urramach air aghaidh mar so :—"Is e an t-Sàbaid ainm an latha so anns an Sgriobtura, is e Fois is ciall do'n ainm sin; agus da-rireadh, is e fois dhomh-sa a bhitheas ann; oir is e an latha mu dheireadh de m'bheatha shaothrachail an so, air aineil mi a leigeil dhiom uallach m' oibre; oir, a nochd, aig a' mheadhon-oidhche, an uair a tha latha soluimte an Tighearna a' tòiseachadh, siubhlaidh mise, mar a their an Sgriobtura, air slighe ar n-athraichean, 'n a mhaitheas, tha mo Thighearna Iosa Criod air a ghairm a chur thugam a cheana, agus d'a ionnsaidh-san bithidh mi a' triall, mar a thubhairt mi, aig marbh na h-oidhche, an uair a gheibh mi a chuireadh; oir dh'fhoillsich an Tigherna eae-fein dhomh an gnothuch."

An uair a chual am fear-frithealaidh na briathran duilich ud, thoisich e air caoidh gu goirt, agus dh'fheuch an naomh ri a chomh fhurtachadh cho math is a b'urrainn e.

'N a dheidh so, dh'fhàg an naomh an sábhul, agus am feadh is a bha e a' tilleadh a dh'ionnsaidh Tighe nam-mánaich, leig e anail mu mheadhon an astair, far am faicear gus an latha-n-druigh ri taobh na slighe, crois, le a bonn an sàthadh ann an cloich-mhùilinn, a chuireadh a suas mar chuimhneachan air a' chuis. Am feadh is a bha an naomh, is e air a chromadh leis an aois, 'n a shuidhe an sud, mar a thubhairt mi, airson 'anail a tharruинг, feuch, thainig far an robh e gearran bànn, d'am b'abbhaist a bhi a' giulan le death thoghradh nan cuinneagan bainne o chrò a' chruidh a dh' ionnsaidh an Tighe. Dhluthaich an aimmhidh ris an naomh, agus iongantach ri aithris ged a tha e, leag e a cheann

'n a uchd, air a ghluasad le Dia gu so a dheanamh a' reir mo chreidimh-sa, amhuil a tha tuigse thàchairtean air a buileachadh air gach creutair a' reir toil a' Chruitear. Ag aithneachadh gu'n robh a mhàighistir a' dol g'a fhàgail an tìne ghoirid is nach faiceadh e tuilleadh e, thoisich an gearran ri gnùsdaich bhrònach, agus ri sileadh nan deur gu paitl, mar gu'm b'e duine a bh'ann, air uchd an naoimh, gus an d'thainig còbhar dheth le meud a chaoidhe. Air do'n ghille-fhrithealaidh so fhaicinn, thoisich e air a' chreutair bhrònach fhuadach air falbh; ach thoirmisg an naomh dha sud, ag radh : "Leig leis; bho'n a tha e cho gaolach orm, doirteadh e a mach a dhuilichinn gheur 'na m' bhróillean. Faic thu-fein, ged is duine thu le anam reusonta, cha 'n eil e 'n a d' chomas eolas fhaotainn a thaobh mo shiubhail as an t-saoghal, ach a mhàin na tha mi-fein air innseadh dhuit. Ach do'n bhrùid so, a tha dh'easbuidh reusain, rinn an Cruithear fein aithnichte, air dhoigh air chor-eigin, gu'm bheil a mhàighistir a' dol 'ga fhagail.' Air dha so a rádh, bheannaich an naomh an gearran, a thionndaidh an sin air falbh gu túrsach.

An sin, dhìrich an naomh gu mullach a' chnuic os ceann Tigh-nam-manach, agus a' seasamh le a làmhan togta a suas, bheannaich e 'aitreabh, ag radh : "Beag is suarach ged a tha an t-aite so, bithidh e fhat hast air a choimhead ann am meas mór agus mi-chumanta, cha 'n ann a mhain le righean agus sluagh na h-Alba, ach mar an ceudna le uachdarain dhuthchanna céin is borb, agus le 'n iochdarain; agus a thuilleadh air sin, bithidh urram shonruichte 'g a' chur air, eadhon le naoimh eaglaisean eile."

Air dha labhairt mar sin, theirinn e an enoc agus air dha tilleadh a dh'ionnsaidh an Tighe, shuidh e na bhòthaig fein, far an robh e a' sgrìobhadh Leabhar nan Salm as ùr. An uair a rainig e an rann anns a' cheathramh Salm deug thar an fhichead, anns am bheil e sgrìobhta— "Orrasan a dh' iarras an Tighearna, cha bhi, maith air bith a dhith," thubhairt e : "Feumaidh mi stad an so; sgrìobhadh Baitein an corr."

An uair a chriochnaich e an rann ud aig deireadh na duilleige, dh'fhalbh an naomh do'n eaglais airson seirbhis na h-oidhche roimh Latha an Tighearna. Cho luath is a bha so thairis, thill e gu 'sheomar, far an do chaithe e an cór de'n oidhche air a leabaidh—leac ruisgte fodha, is clach 'n a cluasaig dha; clach a tha 'n a seasamh gus an latha-'n-dìugh mar sheorsa de chuijmheachan ri taobh 'uaighe. Am feadh is a bha e 'na shineadh an sud, chuir e an ceil ordraighean deireannach do na braithrean, ann an eisdeachd a ghille-fhrithealaidh a mhain, ag radh : "So na briathran mu dheireadh, O mo chlam, a labhras mi ribh :—Bithibh ann an sith, agus biodh gradh neo-chealgach eadarabha.

Ma leanas sibh mar sin eiseimpleir nan aithrichean naomha, bithidh Dia—comhfhurtair nam fireana—"na fhear-cuideachaidh dhuibh; agus bithidh mise, 'n am chomhnuidh maille ris, ri eadar-ghuidhe as 'ur leth; agus cha'n e a mhàin gu'n toir E dhuibh na dh' fhòghnas airson feuman na beatha so, ach mar an ceudna, builichidh e oirbh na duaisean matha agus maireannach, a tha air an tasgaidh a suas air an son-san a choimheadas 'aitheanta."

### Beannachadh nam bràithrean

An deidh labhairt mar so, agus uair a shiubhail a nis a dluhachadh, dh' fhan an naomh 'na thòsd. Cho luath is a bhuaile an clag uair a mheadhoin - oidhche, dh' eirich e an cabhaig agus dh' fhalbh e do'n eaglais; agus a' greasad air thoiseach air càch, chaidh e a stigh leis fein, is lùb e a ghluinean ann an Ùrnughi ri taobh na h-altarach. Aig a' cheart mhionaid, mhòthaich a ghille-frithealaidh—Diarmad—a lean e le lughad cabhaige, anns an astar gu'n robh broinn na h-eaglaise làn de sholus nèamhaidh, gu sonruichte laidir timchiollan naoimh—mar a dhùlthach Diarmad ris an dorus, an solus so a chunnaic mar an ceudna cuid de na braithrean a bha nan seasamh astar beag air ais—chaidh e as gu h-ealamh. Ghabh Diarmad air aghaidh a stigh do'n eaglais, ag eigeach le guth cianail :—"C' àit' am bheil sibh, athair?" Lean e roimhe, a' smeurachadh anns an doreadas, gus an d'fhuair e an naomh 'n a shineadh fa chomhair na h-altarach. Air dha togail bheag a thoirt air, shuidh e r'a thaobh, agus leag e a cheann naomh 'na uchd. Thainig a nis an corr de na manaich 'n an aoin bhuidhinn le cabhaig, agus lòchrain aca. An uair a chunnaic iad an Athair ris a' bhàs, bhris iad a mach ann an caoidh chruaidh.

A reir mar a dh' aithriseadh dhuinn le cuid dhiubh-san a bha 's an làthair, mu'n do shiubhail anam an naoimh, dh' fhòsgail e a shuilean gu farsuing, agus sheall e mu 'thimchioll air gach taobh, is a ghnuis làn de aoibhneas iongantach, air tailleambh, is dòcha, e a bli a' faicinn nan ainglean naomha a' tighinn 'n a chòmhail. An sin, thog Diarmad làmh dheas an naoimh, a chum is gu'm beannaiheadh e na manaich a bha cruinn comhlà fa chomhair. Aig a cheart àm, għluais an t-Athair urramach e-fein a làmh chomath is a b'urrainn e, a chum is gu'm faiceadh iad leis a' chomharradh ud fein, gu'n robh e 'g am beannachadh, ged nach b'urrainn e labhairt am feadh is a bha 'anam a' siubhal. Air dha a bheannachadh naomh a thoirt dhaibh anns an doigh ud, air ball, thug e suas an deo. An deidh do'n anam pailliumn na coluinne fhàgail, mhair a ghnuis rughtach agus dealrach ann an doigh iongantaich, do bhrigh a sheallaidh air na h-ainglean, air chor is gu'm bu choltaiche e ri duine beo 'n a chàdal na ri duine marbh.



## An Cupan Oir

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEÓID, EAGLAIS IAIN KNOX, AN GLASCHU

*"Bu chupan oir Babilon ann an làimh an Tighearna."*—JEREMIAH, li. 7.

**A**NIS, cha b' e baile eireachdail no tlachdhan a mhor a bha ann am Babilon idir. Aon chuid 'na shuidheachadh no 'na dhreach cha robh e eireachdail ri amhare air. Cha robh e ainmeil airson a mhaise coltach ri Dun-eideann agus ri Paris agus ris an Oban. Cha robh ann ach baile-mór làn mhuiulnean is oibríchean, salach le ceò is dust àthan is àmhuiulnean; àite maith cosnáidh gun teagamh, ach cha robh duine beò a theireadh gu robh e sonraichte air son a mhaise—baile leth choltach 'san t-seagh sin ri Glaschu agaínn fhéin. Theireadh tu, nam bithte dol a ghabhail soitheach mar shamhla air, gur h-e cragan criadha a bhiodh freagarrach agus nach e cupan oir. Ach is e Dia a tha ag cleachdadhbh an t-samhla agus chan e duine, agus mar sin is fhiach dhuinn beachdachadh air le roaire.

"Bu chupan oir Babilon ann am làimh-sa," deir an Tighearna,—Babilon shalach, dhaitear, ghràndea. Cò a shaoleadh e, le amhare oirre, gu'm bu chupan oir i. Agus cha robh i air na bailtean a b' fhearr 'na cleachdadhbh cuideachd. Dh' fhaodadh tu a radh nach robh i air na bailtean a b' fhearr 'na dreach no 'na cruth no 'na crídhe. Gidheadh bha i 'na cupan oir ann an làimh Iehobhah. Nì iongantach.

Rud eile. Ma bha baile eile air an t-saoghal 'san latha ud a bha saor agus cumhachdach, gun bhi an làimh neach eile, b' e am baile sin Babilon. Bha a riaghadh 'na làimh fhéin, agus chan e sin a mhàin ach bha i a' riaghadh mór roinnt an t-saoghal uile 'san àm. Cha robh i fo uighdarras no fo stiùireadh nì no neach 's an domhainn. Shaoleadh sinne gu'm faodadh am baile is an iompairreachd ud a toil fhéin a dhèanamh. Ach cha b' ann mar sin a bhà. Bha i fo riaghadh is fo làimh Dhé. Tha i 'na cupan an làimh an Tighearna, agus nì esan rithe an nì a thogras e, agus chan e an nì a thogras Babilon.

Chan 'eil mar sin nithean a reir coltais; chan 'eil Babilon mar a shaol daoine. Tha i 'na cupan oir an làimh Dhé; agus gu dearbh cha chanadh sinne gur h-òr e. Agus cha mhò theireadh sinn gu robh cumhachd eile 'ga riaghadh ach a miann is a modh fhéin. Ach an déidh sin is ann an làimh an Tighearna a tha i.

Tha, ma tha, so a leigeil fhaicinn dhuinn an toiseach,

1. *Na h-innealan mi-choltach a tha Dia ag cleachdadhbh.*

Tha cuimhne agam nuair a bha mi 'sa chogadh 'san Fhraing, goirid an déidh dhomh ruighinn, gu'n d' thuirt comannadar na réiseamaid riun: "A nis, a Phadré, ma tha thu airson duine fhaighinn an so los obair àraig 'sam bith a dhèanamh, na iarr air fear-céirde idir a dèanamh; ma dh' iarras, gabhaidh e leth-cheud leisgeul nach urrainn e, agus gun uidheam aige —uidheam agus innealan fear-céirde. Ach iarr air duine làmhcharach a dèanamh agus nì esan i le uidheam sam bith. Is e saighdear dèanta a bha 'sa chomanndair agus bha e fiosrach is eòlach air cùisean; agus is minic a chunnaic mise gu robh e ceart. Ma bha àmhuiunn gu deasachadh bidhe a dhìth oirnn, chan iarradh sinn idir air gobha te a dheanamh de bhuidéal iaruinn anns an robh ola, ach air saighdear làmhcharach nach robh 'na fhearcéirde idir, agus dheanadh esan an deagh àmhuiunn de'n bhuidéal iaruinn agus gun de dh' uidheam aige ach an làmh-thuagh. Chunnaic mi uair is uair an sid gu'n deanadh uidheam glé mhi-choltach obair fheumail ann an làimh fir làmhcharach. Chunnaic, agus air a Ghaidhealtachd againn fhein. Tha caraid agam an sin agus rinn esan bord-bidhe agus preas, agus comhla doruis, agus gun de dh' uidheam aige ach an sgian-lùthaidh. Tha innealan a tha glé mhi-choltach feumail ann an làimh cui'd de dhaoine. Tha innealan a tha glé mhi-choltach feumail an làimh Dhé. Bha Babilon 'na cupan oir an làimh an Tighearna agus gu dé bu mhi-choltacha na Babilon; agus tha daoine a tha gle mhi-choltach 'n an innealan feumail is tarbhach an làimh Dhé—n an cupain oir aig an Tighearna.

Gheibh thu gu maith tric anns an Sgriobtar gu bheil Dia ag cleachdadhbh daoine àraighe mar innealan 'na làimh fhein, agus daoine a tha glé mhi-choltach an toiseach ris an obair air son am beil Dia 'gan cleachdadhbh. Thuirt e mu Israel, is tu mo thuagh-chatha. Bha iad ann an làimh an Tighearna mar inneal sgríos nan cinneach.

Fhaic thu an inneal mhi-choltach a dh' ullach

e chum a shluagh a thoirt a mach as an Eipheit. Leanabh beag anfhan air a thilgeil am measg cuile na h-aibhne. Ach ghabh Dia e 'na làimh fhéin mar inneal cothromach is cumhachdach agus fa dheadh thuig na h-uile dhaoine nach b' urrainn neach a bhi ni bu fhreagarraiche na Maois chum sluagh Dhé a thoirt a mach á tir na h-Eiphit agus á tigh na daorsa. Bha Maois 'na chupan òir ann an làimh an Tighearna.

Faic Iacob, cho mi-ghealltanach 'sa bha esan an toiseach a latha ; mar a thug e a char as athair, agus mar a ghabh e cothrom air a bhrathair. Theireadh tu gur h-e eragan criadha a bha ann an Iacob. Ach ann an làimh Iehòbhah bha e 'na chupan òir, 'na phrionnsa maille ri Dia.

Neo seal air an inneal mhi-choltach a thagh e agus e gu righ a chur os cionn a phobuill—balach a bha ris a bhuachaillieachd. Cha b' ann am measg nam buachailean a rachadh duine dh' iarraidh righ. Bha fàidh Dhé fhéin ag cur teagamh an toiseach ann am freagarrachd Dhaibhidh gu bhi 'na righ os cionn an t-sluaign. Ach nochd e gu robh Dia ceart ; agus gu robh Daibhidh 'na chupan òir ann an laimh an Tighearna.

B' aithne dhuit fhein fear an sid agus gu dearbh bu thruagh e ; gun moran sgoinn no adhartaist, ach ann an làimh Dhé thionndaidh e mach gu bhi 'na chupan òir, agus 'na fhanuis shoilleir, agus 'na dheisciobul feumail is dileas. Chunnaic mi uair is uair, is cha mhi 'nam aonar, té a bha aotrom fuasgaitl, 'na creutar gun fheum gun chonn air a tionndadh gu bhi 'na cupan òir an làimh Dhé, le loinn is maise, agus ro fheumail 'san fhion-lios.

Seal air 'nuair a thagh Criod a dheisciobuil, cha b'e daoine móra, inbheil, saoibheir agus foghlumte a ghairm e d'a ionnsaidh ach daoine cumanta, gun inbh, gun saoibhreas, gun mhórán eòlais—iasgairean is tuathanach is luchd-cis—eragain chriadha ri amharc orra. Ach bu chupain òir iad an làimh an Tighearna. Tha na h-innealan a tha Dia ag cleachadh mi-choltach an sùilean dhaoine, ach an deidh sin is òr fior-ghlan iad ann an làimh Dhé, agus dhearbh iad sin fo dhereadh. Bu chupan òir Babilon ann an làimh an Tighearna.

Tha cuimhne agam air a bhi leughadh ann an eachdraidh beatha an naoimh ainmeil sin, Frannsaidh beannaichte, gu'n robh e là a sid a' tighinn a mach a còille far an robh e ri urnaigh, agus gu'n thachair aon de na bràithrean—Masseo diadhaidh—air. Agus ars' esan ri Frannsaidh : "Carson ad dhéidh-sa ? Carson ad dhéidh-sa ? Carson ad dhéidh-sa ?" "Gu de tha thu ag ciallachadh" ? ars' am fear eile. "Tha so," arsa Masseo, "Carson a tha an saoghal uile tighinn ad dhéidh-sa ? Carson a tha a h-uile duine ag iarraidh thusa fhaicinn, is thusa éisdeachd, is a bhi umhail dhuit-sa ?

Chan e gu bheil thu eireachdail ri amharc ort ; cha mhò tha buadhan sonraichte ort ; agus chan 'eil thu de dh' uaislean na tire. Carson a réist a tha na h-uile dhaoine gad leantainn ?"

Nuair a chuala Frannsaidh so rinn e gàir-deachas na spiorad, agus thog e suas a shùilean gu néamh. An déidh dha fantuinn mar so ùine mhór, thuit e sios air a dha ghlùin agus thug e clùi is buidheachas do Dhia. An sin le dealas naomh thubhairt e ri Marreo : "Am bu mhaith leat fhios Carson am dhéidh-sa ? Am bu mhaith leat fhios Carson am dhéidh-sa ? Am bu mhaith leat fhios Carson am dhéidh-sa ?" Tri uairean. "Biodh fhios agad air an so, ma tha, gu'n fhuaire mise so bho shùilean an Dé as ro àrd 'ga léir am firean agus an aingidh anns gach àit. Seach nach fhaca na sùilean ro naomh sin am measg pheacach aon bu thruaillidh, is bu mhi-choimhlionta, is bu pheacachena mise, air an aobhar sin, seach nach d' fhuaire e creutair eile bu thruaillidh air thalamh chum obair mhiorbhulich fhein a chur air adhart, thagh e mise gus an cuirte uaisleachd is móráchd is cumhachd is maise is gliccas an t-saoghal bun os cionn ; agus sin gus am foillsich e gu bheil gach buadh is gach math a tighinn uaith fhein an Cruitear agus nach ann o'n chreutair ; agus sin a chum is nach dean neach sam bith uайл 'na lathairasan." Leis fhéin, bha Frannsaidh 'na shiotheach criadha, ach ann an làimh Dhé bha e 'na chupan òir da rireadh. Bha e 'na inneal glé mhi-choltach ann an sùilean dhaoine, agus 'na shùilean fhéin, ach bha e 'na chuach òir ann an làimh Dhé chum leigheas nan cinneach feedh iomadh linn.

Fhaic thu an Slanuighear beannaichte fhéin nuair a thainig e dh' ionnsaidh an t-saoghal-sa, co bu mhi-choltaiche na e, ann an sùilean dhaoine. Agus cha ruig sinn a leas innse gu'm bu Chupan òir e ann an làimh Iehòbhah.

"Se an t-ióngantas bu mhiorbhulich"  
Chaidh innse riagh do shluagh,  
An Dia bha ann o shiorruidheachd,  
Bhi fàs 'na chiochran truagh.

Rugadh an stabull diblidh e  
Mar dhilleachdan gun treoir,  
Gun neach a dheanadh càideas ris,  
No bheireadh fàroch dhò ;  
Gun muinntir bhi 'ga fhrithdealadh,  
No uidheam mar bu chòir,  
Ach eich is daimh 'ga chuaireachadh,  
D' an dual gach uile glòir.

"Chan 'eil sgéimh no grinneas aige, gu'n amhairceamaid air ; ni mò tha maise aige gu'n iarramaid e. Tha e air a dhímeas agus air a chur air chùl le daoinibh ; 'na dhuine dhoillighiosan is èolach air bròn ; agus mar neach a dh' fholuicheas aghaidh uainn, tha e air a dhímeas agus chan 'eil suim againn dheth." Ach bu Chupan òir e ann an làimh an Tighearna

—Cupan na slàinte is Cuach leighis a' chinneadaonna.

2. *Tha a rìs an earrainn so a' teagastg dhuinn, nach còir dhuinn a bhi ag cur crìch roimh Dhia 'na dheanadas.*

Tha e dualtach dhuinne a bhi smaoineachadh gur h-ann 'nar dòigh fhein a mhàin a bhios Dia ag oibreachadh ; anns na dòighean as aithne dhuinne agus air am beil sinn eòlach, agus nach ann an dòigh agus tre chuspairean nach tuig sinn agus nach aithne dhuini. Ach cha ghabh crioch a chur roimh Dhia 'na dheanadas. Tha e neo-chriochnaichte anns gach dòigh—na dheanadas mar a tha e 'na ghlòir is 'na naomhachd. Chan ann a mhàin troimh na meadhonan is na cuspairean a chleachd e mar tha, a tha e ag oibreachadh, ach troimh mheadhonan is chuspairean eile, moran dhiubh glé mhi-choltach. Tha Dia làmhcharach agus ni e obair le uidheam 'sam bith. Chan ann a mhàin mar a bhà, ged a tha e gu tric ag obair mar a bhà, ach ann an dòighean eile—dòighean iongantach is nuadh do dhaoine—a tha Dia ag oibreachadh. Chan 'eil maith a bhi cur criochan roimh Dhia ; chan 'eil ni do-dhèanta dhasan.

A nis an àite e bhi sàrachadh ar tuigse agus ag éigneachadh ar creideamh, a bhi faicinn nithean mi-choltach ag oibreachadh oibre Dhé, is ann bu chòir dha sin a bhi fosgladh ar n-inn-tinn agus a neartachadh ar creideimh le bhi nochdadh dhuinn nach 'eil crioch air cumhachd no air dèanadas Dhé. Is maith dhuinne nach gabh crioch cur ri dhèanadas-san ; agus gur Dia gràidh e. Mar sin oibrichidh gach nì a chum maith do'n dream aig a bheil gràdh dhasan ; agus gach nì 'na chupan òir 'na làimh-san.

Rud eile, bu chòir d'a so—nach 'eil crioch ri chur ri Dia 'na dheanadas—a bhi 'gar dèanamh furachail chum is gu faic sinn dé an ath nì a ni Dia ; dé an dòigh ùr anns an nochd e dhuinn obair a fhreasdal. Tha eadhon Babilon 'na cupan òir ann an làimh an Tighearna agus mar sin tha e iomchuidh d'a shluagh a bhi furachail ach de an cuspair mi-choltach a chleachdas e a rìs gu bhi ag eur air adhart a rioghachd fhéin. Bu choir dha so a bhi toirt dhuinn sùilean fosgaite is creideamh furachail is cridhe fialaidh.

Tha e gle choltach gu'n dèan Dia òr de nì no de neach a bhios glé mhi-ghealltanach 'nar sùilean-ne. Ni Dia òr de'n pholl. Agus ni e cupan grinn snasail de mheall a tha glé mhi-mhaiseach an toiseach. Chan fhaod sinn crioch a' chur roimh chumhachd Dhé ann a bhi ag atharrachadh agus ag cruthachadh fhathast mar a bha e o thus ; agus tha a chruthachadh uile agus a dhèanadasan gu léir, gu ro mhaith 'n an cupain òir ann an làimh an Tighearna.

3. *Tha againn ann an so a rìs aobhar-mis-neachaidh do shluagh an Tighearna.*

Bha Babilon mi-ghealltanach ann an iomadh dòigh. Bha móran aingidheachd agus mi-chùram intte air gach taobh. Bha eadhon cuid de shluagh an Tighearna de'n bheachd gu robh i caillte gu tur, agus nach robh feum air an domhainn intte do Dhia no dh'a aobhar. Ach cha b'ann mar sin a bhà. Gun teagamh bha iomadh olc agus mi-dhiadhadchd intte, ach an déidh sin bha i 'na cupan òir ann an làimh an Tighearna.

Bi sinne gu maith tric ag gearan gu bheil an saoghal sam beil sinn an so gu tur aingidh, agus gun chùram do Dia no d'a àitheantean ; cluinnidh sinn cuid ag radh gu bheil an saoghal 'nar latha-ne direach 'na Bhabilon. Ach biodh misneachd againn, tha an saoghal an làimh Dhé. Is esan a tha ag àrd-riaghlaidh os a chiornn ; agus tha e ag àrd-riaghlaidh gu ro naomh is gu ro ghlie is gu ro chumhachadh chum maith a rioghachd agus leas siorruidh a phobuill fhéin. Bu chòir e bhi 'na mhisneachd dhuinn gu bheil Babilon 'na cupan òir ann an làimh an Tighearna ; gu bheil gach suidheachadh is freasdal a bhuineas dhuinn ann an làimh an t-Slanuigheir bhuineachaite, a ghràdhach sinn agus a dh' fhuiling am bàs air ar son.

Rud eile. Tha sinn gu minic a smaoineachadh nach 'eil feum sam bith annainn do Dhia no dh'a aobhar. Tha sinn cho lag is cho bochd is cho anfhamm, agus gu bheil sinn a' smaoineachadh nach 'eil feum sam bith annainn ann an Eaglais agus ann an aobhar Dhé. Tha sinn iomadach uair 'gar faighinn fhéin mar chràgan criadha ; tioram, faobach, carrach. Ach ma bhuineas sinn do Criod, ma thug sinn sinn-fhein dhasan, am beil annainn ach cupain òir 'na làimh-san. Cha shaoil sinne sin. Ach chan e an nì a shaoileas sinne tha ceart ach an nì a their Dia. Gabhamaid misneachd, matà, o Phacal is o ghealladh Dhé. Ma tha sinn ann an Criod, bochd is mar a tha sinn, tha sinn 'nar cupan òir ann an làimh Iehòbhah. Agus chan 'eil fhios nach can Dia fhéin m'ar déidhinn :

Cur thairis tha mo chupan fös  
Aig meud an làin a t' ann.

Tha an cupan feumail gu òl as ; agus cuirear an cupan òir air bord an Righ. Sin t'aite-sa ma ghabh thu ri Criod mar d' Fhear-saoraidh. A charaid, agus a bhana-charaid, ged a shaoileadh tu-fhéin agus muinntir eile nach 'eil annad ach cràgan criadha, ma ghabh thu ri Criod, agus gum buin thu dhà, agus gum beil thu a' beatheachadh air, tre chreideamh, is e a th' annad cupan òir ann an làimh an Tighearna.

Gu'm beannaicheadh an Tighearna dhuinn searmonachadh Phacail fhéin agus dh'a ainm gu robh chliù. Amen.

## Anns a' Chathair

**A**NNS an Eiphit an àm a' chogaidh thubhairt a' oifigeach anns an arm ri um gu'n d' thug e an aire gur ann as an Tiomnadh Nuadh a bhithinn daonnan a' tarring a' chinn-theagaisg air am bithinn a' searmonachadh do na saighdearan, "ach bu mhaith leam," ars' esan, "aon de na cinn-theagaisg ghasda a tha anns an t-Seann Tiomnadh a chluinntinn aon uair eile."

Dh' iarr mi air fear no dhà dhiubh sin ainm-eachadh.

"So agad fear dhiubh," ars' esan, "Ma ruith thu leis na coisichean, agus gu'n do sgìthich iad thu, cionnus idir a ni thu strì ri h-eachaibh? agus ann am fearann sìthe ged robh agad dòchas, gidheadh ciod a ni thu ann an onfhadh Iordain?" (Ieremiah xii. 5.)

Cha robh fhios aige cò a sgriobh na briathran, no c' àite an robh iad anns a' Bhiobull, ach ged nach robh Cruden ann am mhàileid-sa anns na làithean ud, bha e furasda gu leòir dhomh innseadh dha c' àite am faigheadh e iad. Ach thubhairt mi ris, "Gu dé air an t-saoghal a chuir ann ad cheann na facail sin; tha mile earrann eile de'n Sgriobtura b' fheàrr dhuit a bhi gleidheadh air do chuimhne na na facail sin."

"Theagamh gu bheil," fhreagair e, "ach air a shon sin, bu mhaith leam thusa a chluinntinn a' searmonachadh air a' cheann-theagaisg ud. 'Se ministear a bha 'n am athair fein; shiubhail e an uair a bha mise glé og, agus is e aon de chuinneachain m' òige a bhi chluinntinn m' athar a' searmonachadh, agus ag eigeach an dràsd 's a rìs anns an t-searmon, "Ma ruith thu leis na coisichean agus gu'n do sgìthich iad thu, cionnus idir a ni thu strì ri h-eachaibh? agus ann am fearann sìthe ged robh agad dòchas, gidheadh ciod a ni thu ann an onfhadh Iordain?" Ged bha mi cho òg 's nach do thug mi aon fhacal de'n t-searmon lean fuaim nam facal ud ann am chluasan corr agus deich bliadhna fichead, agus chan 'eil uair a chluinneas mi iad fhathast nach 'eil iad a' deanamh maith do m' anam, oir tha iad a' toirt m' athar air ais gu m' chuimhne, agus mo dhachaidh bhlàth shona anns a' Mhanse, agus sàmhchair naomh na Sàbaid anns an eaglais air maduinnean samhraidih."

Tha uighdarrings aig Facial an Tighearn ann fein, ach tha uighdarrings dubailte aige an uair a tha e air a cheangal ri cuimhneachain bhlàth air ar dachaidhean, agus air ar párrantan, agus air teagasg ar párrantan. An rud a dh' ionnsaicheas duine aig glùn a mhàthar, no a chluinneas e o bhilean athar, tha greim aig an rud sin air inntinn nach 'eil aig na nithean a dh' ionnsaicheas e anns an sgoil no a leughas e ann an leabhrachaean. Air uairean ann an eaglais

Bhlàir an uair a bhios mise a' leughadh earrannan sònruichte as a' Bhiobull chan e mo ghuth fhéin a bhios mi a' cluinnitinn idir ach guth eile a tha nis tosdach anns an uaigh, an guth anns an euala mi na facail an toiseach mar Fhacal Dhe aig aoradh teaghlaich ann am sheann dachaidh, is tha uighdarrings air a thoirt dhaibh do mo chridhe nach luaisgear agus nach criothaichear gu bràth leis na beachdan agus na teagmhaidhean mu'n Bhiobull a bhios cuid de na h-àrd-sgoilearan a' cur 'n am cheann. Ach mo thruaighe a' chlann aig nach 'eil cuimhne air Facial an Tighearn a chluinntinn riamh air bilean an athar no am màthar.

\* \* \* \* \*

Ach tha an t-àm agam tighinn air m'ais gu Ieremiah. Bha am fàidh 'n a dhuine diùid gu nàdurra ach bha eud diadhaidh 'na chridhe nach leigeadh leis a bhi 'n a thosd an uair a bha e a' faicinn a luchd-dùthcha a' dol air seachran o Dhia. Ann a' mhinistrealachd a ghabh e os làimh b' fheudar dha a shluagh féin a chronachadh cho geur agus làdir 's gu'n do thog iad 'na aghaidh, a' maoideadh eur as da. An uair a rachadh aon chunnart seachad bha cunnart eile a' bagradh air, agus cunnart a bu mhò; an uair a chuireadh Dia solus dha air aon deacaireachd 'n a fhrearsdal bha deacaireachd ùr a' tighinn 'n a inntinn, agus deacaireachd a bu mhò. Mar sin bha e 'g a' fhaicinn fhéin anns an t-suidbeachadh so, gu robh Dia ag ràdh ris, Crioslaich a nis do leasraidh agus bi duineil oir tha cunnartan air thoiseach ort a dhearbas do mhisneach na's cinntiche na cunnart air bith a thachair ort cheana; *ma ruith thu leis na coisichean agus gu'n do sgìthich iad thu, cionnus idir a ni thu strì ri eich? agus ann am fearann sìthe ged robh agad dòchas, gidheadh ciod a ni thu ann an onfhadh Iordain?*

Tha na sgoilearan uile de'n aon bheachd nach e onfhadh Iordain a bu chòir a bhi anns an rann so ach uайл Iordain, agus is ann mar sin a gheibhearr am facal anns a' cheartachadh mu dheireadh a rinneadh air a' Bhiobull Ghàidhlig, *gidheadh ciod a ni thu ann an uайл Iordain?* Tha iad ag ràdh gur e a bha ann an uайл Iordain crioman de fhearrann fàs a bha air bruach na h-aibhne anns an robh feur móir, is luachair, is seilisdeir, is preasan, a' fàs anns am biodh beathaichean fiadhaich 'g am folach fein, a dh' fheithreamh air cobhartach. Bha e cunnartach do dhuine dol a steach do'n àite sin, agus is e an smuain a chuir Dia ann an cridhe Ieremiah, "ged tha sith agam am measg mo mhuianntir fein ann an Anatot ciod a ni mi ann an Uайл Iordain, no ann an Ierusalem a chlachas agus a mharbas na fàidhean?"

Theagamh gur e sin, no rudeigin mar sin, a

tha na briathran so a' ciallachadh gu litireil ach chan ann anns an t-seagh sin a bhiodh na seann diadhairean 'g an cleachdadh an uair a ghabhadh iad an earrann so mar cheann-teagaig. Bhiodh iad 'g an gabhail ann an dòigh a b' fhrsuinge agus a' tarruing bainne agus mil asda nach fhaighean anns an litir luim, ag earalachadh air daoine an Tighearn iarraidh ann an làithean an òige m' an tig na bliadhna chan breòite tinn 's am fas air an intinn smal. Mar gu'n abradh iad, Sibhse a ni dearmad air Dia agus air Criosd ann am maduinn ait 'ur n-òige, an uair a tha sibh luath làidir, agus cothrom agaibh air gabhail ri taigse an t-soisgeil, saoil sibh am bi e na's phasa dhuibh tionndadh ri Dia aig uair 'ur bàis?

Ann an strì agus spàирn a' bhàis, an uair a bhios fuil agus feòil a' fàilneachadh, chan e sin an t-am do dhuine a bhi ag iarraidh réite ri Dia. Chan ann ann an là na stoirme is eòir do dhuine glie a thig a thughadh.

## Aig an Leabhar maith

**T**HA mi daonnan a' leughadh Miosachan na h-Eaglais Shaoir, a tha air a dheasachadh leis an Urramach Alasdair Stiùbhard, D.D., an Dùnéideann. Thòisich mi air a leughadh a chionn gu'm bu mhaith leam na duilleagan Gàidhlig ann fhaicinn ach *lean* mi air a leughadh a chionn gur toigh leam beachdan agus smuaintean an fhir-dheasachaidh, agus na searmoin a bhios e a' toirt dhuinu a h-uile mìos, searmoin air a bheil blas na sgoilearachd agus na diadhaidh-eachd. Sin an t-aobhar gu'n do cheanaich mi bho chionn ghoirid leabhar ùr a bha air a sgrìobhadh mu'n fhàidh Ieremiah leis an Ollamh Alasdair Stiùbhard, agus thatiinn an leabhar rium cho maith 's nach e coibhmeas a tha ann dhomh ach dleasdanas an leabhar a mhòladh air an duilleig so, los aire ar luchd-leughaidh a tharruing 'g a ionnsuidh, agus gu sònruichte aire mhimistearan.

Tha dhà ar fhichead de shearman anns an leabhar, air an ceangal ri chéile le aon ghad. Is e an gad sin, beatha agus obair Ieremiah, is tha an cunntas a tha air a dheanamh an toiseach an leabhair air beatha agus obair an fhàidh cho soilleir agus cho cothromach 's gu'm bi e 'n a chuideachadh mór eadhon do mhiniestarán an dealbh so a bhi aca 'n an intinn air Ieremiah, dealbh air a bheil dreach na firinn.

Bithidh na searmoin so buannachdail do dhaoine a leugas iad a chionn gu bheil eud-throm agus gliocas agus teagasc soisgeulach anna, a thuilleadh air sgoilearachd agus eireachdas. Ach is e an rud as fearr a tha anna wile gu léir, an t-urram a tha aig an fhear a sgrìobh iad do Fhacal an Tighearn agus an dearbhachd a tha aige gur e am Fhacal sin a

Tha fichead abhainn ann as mothà agus as maisiche na abhainn Iordan ach chan 'eil abhainn eile air an t-saoghal air a bheil ainm a tha labhart ri cridheachan dhaoine mar tha an t-ainm Iordan, oir do mhóran dhaoine chan e ainm àite a tha ann an Iordan idir ach suai-cheantas na samhladh air nithean a bhuineas do'n bheatha spioradail agus do chuaireat mhic an duine air thalamh. Ciad a tha ann an Iordan ach an t-aiseag deireannach a tha eadar an saoghal so agus tir a' gheallaidh a tha air an taobh thall? Ruigidh sinn uile an t-aiseag sinn luath no mall; ciad ar dòchas? Is e dòchas sluagh an Tighearn gu bheil fear-iùil aca d' an aithne an t-slighe, a théid sios do na h-uisgeachan maille riu, air chor agus nach ruig iad a leas eagal a bhi orra.

Chaoiadh ma leanas mi gu teann ris,  
Ciad mo bhuannachd uaithe?  
"Jordan seachad, clos air saothair,  
'S crioch air truaigh."

## Uinneig

mhàin a bheir beatha agus saorsa do'n t-saoghal. Theagamh gu bheil fichead aobhar air an tiormachd spioradail a tha air tuiteam air an eaglais anns na làithean so, ach tha an t-aobhar so ann gu sònruichte, gu bheil teagasc nan àrd-sgoilearan mu'n Bhiobull a' dùsgadh teag-mhaidhean mn ùghdarras a' Bhiobull ann an intinnnean shearmanaichean a tha 'n déidh cumhachd agus dearbhachd a thoirt bhuapa. Bu mhaith leam, ma ta, gu'n leughadh ministearan òga anns a' Ghàidhealtachd, an Eaglais na h-Alba agus anns an Eaglais Shaoir, leabhar an Ollaimh Alasdair Stiùbhard. Bhiodh sin chum buannachd dhaibh an dà dhòigh, (1) chitheadh iad ciamar a bu chòir dhaibh shearmanachd agus Fácal Dhe a làimhseachadh, agus (2) chitheadh iad am beairteas agus an reamhrachd a tha feitheamh orra ann am fàidheadaireachd Ieremiah.

## Atharrachadh nan timeannan

Ged nach 'eil an iùne fada bho thòisich mi air obair na ministrealachd thàinig atharrachadh mór air dòighean dhaoine anns an iùne sin. Chan 'eil seann fhear no seana bhean anns an sgireachd so bho chionn bhliadhnachan air an leabaidh gun a bhi ag éirigh aside. Tha sin fior a thaobh gach àite eile anns a' Ghàidhealtachd. Bho chionn leth-cheud no trì fichead bliadhna bha seann daoine anns gach baile a bhiodh air an leabaidh gun éirigh fad bhliadhnachan. Ach dh'fhalbh sin gu buileach. Ciad an t-aobhar? Theagamh gu bheil iomadh aobhar air, ach tha mi an duil gur e so an t-aobhar as mothà, an cùram a tha Riaghlaidh na dùthcha a' gabhail do sheann daoine an diugh, 'g an ciobaireachd agus 'g an dotaireachd agus

a' toirt dhaibh *pensions*. Tha sin a' toirt misneach do sheann daoine agus a' cumail sprachd 'n an inntinn cho maith ri fallaineachd 'n am bodhig. Tha beò-shlaint an t-sluaigh na's fheàrr an diugh air chor agus nach 'eil uiread cianalais no leann-dubh 'n am measg. Anns na seann làithean ghabhadh fir is mnathan a bha car gearanach is easlainteach an leabaidh le 'n toil féin móran bhliadhnachan m'an tigeadh a' chrioch orra, agus theagamh gun chead no gun chomhairle dotair iarraidh, ach an diugh tha clobaireachd nan dotairean cho teann orra 's nach 'eil maith dhaibh fantuinn 's an leabaidh mur bheil dad ceàrr orra. Ma dh' fhasan theagamh gu'n tig Ard-chìobair a dh' aon għmothuċċa Dùn-éideann 'g an cur aside. An fheadhainn a bhiodh aon uair air an leabaidh aig tri fishead gheibhear iad an diugh a' cluich golf aig ceithir fishead, *agus a' boilich as an cuimse leis a' bhall.*

Tha atharrachadh eile a' tighinn air dòighean dhaoine; chan 'eil teaghlaichean an diugh cho toileach air frithhealadh do aon dhiubh féin a tha tinn no 'n a uallach do chàch, ma tha an tinneas no an t-uallach a' marsuinn fada. Anns na seann làithean fhrithhealadh daoine d'an cuideachd féin fad bhliadhnachan gun sgiths gun ghearan, ach an diugh ma leanas an tinneas na's fhaide na seachduin no dhà, cuirear an duine tinn do *Dhachaidh* air choreigin far nach bi e 'na dhragh. Chan e uile gu léir cion coibhneis as aobhar do'n fhasan ûr so ach an déidh a tha aig daoine air a bhi saor bho gach cuing is ceangal a chumadh fo spàg an uaireadair iad. Cha toigh leò rud air bith a bhios 'n a dhragh dhaibh, agus a chionn gu bheil e 'n a dhragh dhaibh seann duine no duine tinn a bhi air an cùram a là agus a dh' oidhche is fheàrr leò an cur do *Thigh-Fois* no do *Thigh-eiridinn* agus páidheadh air an son seach an cumail aig an tigh. Aon uair cha bu mhaithe le daoine làmhan choimheach a bhi timchioll air a' mharbh, ach an diugh fagar an neach a shiubhail ann an ospadal ann an Tigh-nam-marbh gu là an tiodhlacaidh gun a thoirt dhachaidh gu chuideachd féin idir, is páidhear an coimheach air son sheirbhisean caomhail a b' àbhaist a bhi air an deanamh gu gràdhach agus gu toileach le dàimhich. Theagamh gu bheil a' ghineal òg na's pongaile anns na cùisean so na bha an aithrichean, agus gu bheil an t-atharrachadh so reusonta gu léor, ach gu cinnteach cha toigh leam e. Is blàth an fhuil; b' fheàrr leam làmhan mo chuideachd féin a bhi timchioll orm an àm na h-airce seach a bhi an urra ri iochd a' choimhich.

### Eaglais an Naoimh Oran

Chaili an eaglais so, an Dùn-éideann, dà fhoirbheach a ràinig aois mhór, Eoghan Camshron agus Iain MacLùcais, a bha le chéile

ceithir fishead agus a dhà dheug a dh' aois. Anns an t-Seann Tiomnadh tha làithean buan agus saoghal fada agus sìth air an gealltuinn do'n fhirean; bha eagal an Tighearn do'n dithis ud 'n a smior d' an cnàmhlan.

An dream tha air an suidheachadh  
an tigh 's an àros Dhe,  
An cuiribh greadhnach ard ar Dia  
sior-fhàsaidh iad gach rè

Bha Eoghan Camshron 'na fhear-comanachaidh trì fishead bliadhna agus a trì, agus leth-cheud bliadhna 'n a fhoirbheach. Bhuineadh e do Rainneach, an siorramachd Pheairt; fior Ghàidheal de 'n t-seann stoc nach 'eil na's feàrr ri fhaotainn an àite air bith.

Rugadh Iain MacLùcais an I Chaluim-cille; an làithean òige chaïdh e do Shasun far an do chuir e seachad cuid mhaithe d'a bheatha, ach o chionn deich bhadhna fishead thàinig e do Dhùn-éideann. Fad na h-ùine a bha e an Dùn-éideann bha e 'na fhear-cuideachaidh taiceil an eaglais an Naoimh Oran; dileas do'n mhiniestear, coibhneil is truacanta ri daoine a bha bochd le tinneas no 'n an crannchur. Dh' fhaodadh e a ràdh mu eaglais an Naoimh Oran mar thubhairt an Salmadair mu Shion, "tha do sheirbhiseach a' gabhail thachd 'n a clach-aibh," oir cha robh rud air an t-saoghal a b' fheàrr leis na bhi cur maise air an eaglais a mach 's a stigh.

### Call do'n Eaglais

Air a mhìos a chaidh seachad thàinig call mór air Eaglais na h-Alba le bàs an diadhair urra-mach, an t-Ollamh H. R. Mac an Tòisich, a shiubhail gu h-obann an Steòrnabhagh. Bha e 'na dhuine maith agus 'n a dhuine mór air gach dòigh, ach a mhàin nach robh e mór as fhéin. Choisinn e gach onoir a ghabhdh cos-nadh an Oil-thigh Dhùn-éideann; thug an eaglais gach urram dha as urrainn fear-teagaisg fhaotainn; ràinig a chliù agus a leabhráichean America agus a Ghearmait, is bhiodh Parataich is Medich is Elamaich a' tighinn do'n Cholais Ur an Dun-éideann a dh' aon għnothuċċ gus a chluinntinn, ach a dh' aindeoin sin uile bha e cho iriosal 's nach saoileamaid gu robh ann ach ar leithid féin. Ach cha robh leithid an duine ud ri fhaotainn ach annamh eadhon am measg nan àrd-sgoilearan; chan e mhàin gu robh eòlas farsuing aige ach bha intinn agus tuigse agus breithneachadh aige a bha air an soillseachadh agus air an naomhachadh leis a' għliocas a ta o shuas. Bha àite dha fhéin aige am measg luchd-teagaisg na h-Alba oir cha robh duine eile anns a' ghineal so a rinn uiread seanchais ri oileanaich òga air na ceistean móra a tha dlùth ri fior chridhe a' Chreidimh 's a rinn an t-Ollamh Mac an Tòisich. Tha cuid de chàch nach 'eil ach a' dranndanaich gun sgur mu nithean beaga agus tioram anns nach 'eil

mórán feuma, ach bha esan daonnan a' buntainn ris na nithean móra ris am faodar diomhaireachd na Diadhachd a ràdh. Bha a chridhe anns an t-soisgeil agus ann an aobhar an t-soisgeil ; cha mhór de luchd-teagaig nan Oil-thighean a riñn uiread searmachaidh ris, is bha e cho simplidh agus cho soilleir agus cho drùidh teach

anns a' chùbaid 's a bha e am measg nan oil-eanach. Bu duine e nach tric a chithear a leithid, sgoilear maith, fear-teagaig a chuir siol ann an inntinnean dhaoine eile a bhios a' giùlan toraidh fad iomadh latha, agus na's fhéarr na sin uile, duine anns an robh cumhachd na diadhaidheachd.

## Ard Sheanadh na h-Eaglais

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUIN, PH.D.

MAR a tha fhios aig an leughadair choinnich àrd chùirt na h-Eaglais mar is gnàth leatha ann an Dùn-Eideann rè dheich làithean de 'n Og-mhìos, a chluinntinn iomraidh air gach earrann d'a saothair anns an dùthaich so, agus air feadh an t-saoghal ; agus a thoirt breith air cùisean de iomadh gnè a bha am feum orduchaiddh.

Cha chreid mi gu bheil Pàrlamaid anns an t-saoghal uile cho lionmhòr àireamh agus cho stàtail giùlain ris an Ard Sheanadh. Tha suas ri seachd ceud deug ball ann an còir suidhe inntte. Aig àm a fosglaidh, an uair a tha an Ceann-suidhe deas gu tighinn a stigh do'n talla, tha oifigeach ag éigeach "An Ceann-suidhe" ; agus tha na buill uile ag éirigh 'n an seasamh, gus an ruig esan a' chathair, is an ceadaich e dhoibh suidhe. Nithean an glasad ceudna ri Ionadair an Righ cho luath is a thig e a làthair, ged nach eil esan air éigeach le oifigeach air bith. An déidh sin, seinnear salm gun chuid-eachadh o inneil, leughar cuibhrionn de 'n Sgriobtùr, agus theid an Ceann-suidhe ann an ceann urning. Is ann mar sin a dh' fhosglar gach seisein. An déidh an aoraidh, thatar a'dol an caramh gnothuich an latha.

\* \* \* \* \*

Cha b'urrainn dhomh gun a bhi a' breitheachadh le taingealachd air meud na sochair a tha sinn a' sealbhachadh anns an dùthaich so an coimeas ri eaglaisean eile air feadh na Ròinn-Eòropa : sinne a' coinneachadh fo dhòn an lagha, a' mealtuin deadh-ghean an Righ agus Uachdranachd na dùthcha cho maith ri saorsa coguis agus facail, am feadh is a tha móran d'ar bràithrean anns a' Chreidimh air an ciurradh le uachdarain bhreuna, air am bacadh le laghanna searbh, fo throm dhaorsa agus-dhiomb. Gun teagamh fhuair Eaglais na h-Alba a cuid fèin de thruaighean agus de fhlangas roimhe so ; agus cha chuirinn geall nach 'eil latha deuchainn a' dùthachadh oirre a ritist, a dh'aindeoin coltais fabhair aig an àm ; oir tha ceist shòlaimte agus chunnartach fa chomhair na h-Eaglais anna na bliadhnanach so ; 'se sin am bheil e ceadaichte do Chriosduidh pàirt a ghabhail ann an cogadh ? Tha àireamh mhór

an diugh a' creidsinn gur e toibheum uamhasach a tha anns a' bheachd gu bheil e ceadaichte do dhuiñe dol a mach a mharbhadh a chomh-chreutair no a bhràthar anns a' chreidimh, ann an aimh Iosa Criod. A réir an tuigse-san air teagasg agus eiseimpleir an Fhir-Shaoraidh, cha ghabhadh deanadas duine dol na bu diriche an aghaidh a thoile-san na gu'n rachadh e a mach le gunna is beigeineid is puinnsean a sgrios agus a leònadh dhaoine.

Air an làimh eile, tha a mhór-chuid de'n t-sluagh a' creidsinn, uamhassach is mar a tha cogadh, gur feàrr e na leigeil le làmhaid cuing eucorach a chur m'ar muineal, agus tràillean a dheanamh dhinn ; agus amhul is còir do dhuiñe a bheatha fèin agus beatha a choimhearsnaich a dhònadh agus a choimhead, gur còir dha mar an ceudna a dhùthaitch a sheasamh an aghaidh spùineadair, agus smachd a chur le cumhachd arm orrasan nach gabh ceannsachadh air dhòigh eile. Theireadh iadsan mur 'eil so comh-réidh ri teagasg Chriosd, nach 'eil comas air ach an teagasg sin a dhichuimhneachadh. Is i so, ma ta, a cheist a tha mar bheirm ann an intinn na h-Eaglais anns na làithean so. Bithidh i fa chomhair an Ard Sheanaidh an ath bhliadhna ; agus gu'n tachradh e gu 'm mallaicheadh an Seanadh gach seòrsa cogaidh a sgriosas daoine, cha chreid mi gu'm b' fhada gus an atharraicheadh fabhar na Staide gu fuath. Chan 'eil fhios co dhiubh a thachras sin, no nach tachair. Aig an àm, tha an latha maith, is an soirbheas ciùin ; tha an Eaglais ann an suidheachadh neo-chumanta ion-mhianntachail ; agus thigeadh e dhuijn uile, chan e a mhàin a bhi taingeil, ach mar an ceudna a bhi eudmhòr 'n ar dreuchd agus 'n ar seirbhis ann an aobhar Chriosd, ma tha sinn gu feum ceart a dheanamh d'ar cothrom, agus gu bhi airidh air sochairean cho saoibhir. An àitibh aoibhneach thuit ar lòn ; 's leinn oighreachd bhreagh nach gann.

\* \* \* \* \*

### An Seanadh ro mhór

Chuala mi cuid a' gearan gu bheil àireamh an t-Seanaidh fada tuilleadh is lionmhòr airson cùisean na h-Eaglaise a rannsachadh agus

buntainn riу le gliocas. Farraidich iad, chan ann gun reusan : "Ciamar is urrainn do sheachd ceud deug duine tighinn gu comh-chòrdadh ann an àine ghoirid a thaobh gnothuich air bith a tha draghail ri a réiteachadh ! " Their iad mar an ceudna : " Mur 'eil guth làdir aig duine a dh' éireas a thoirt beachd air aghaidh anns a' Chomhairle ud, cha chluinnear e ach ri bronagail ; agus ann am monaid, eirdh glaodh is àpraid m'a thimchioll a chuireas 'n a chabhaig, agus an sin 'n a shuidhe e. Ach faodaidh deadh cheann a bhi air fear aig nach 'eil ach guth fann ; agus faodaidh barrachd fuaim na gliocas a bhi ann an guth na trompaid. Mar sin, tha an Seanadh a' call comhairle buidheann nach beag de fheadhainn ghlice, agus ag eisdeachd ri fheadhainn eile d'an robh cho maith a bhi 'n an tósád. Tha an t-àm an àireamh mhì-reusonta ud a ghearradh a sìos. Dh' fhòghnadh a' cheathramh cuid dhi air son a gnothuich."

Tha so uile gle phongail ; agus cò a their nach tig lughdachadh nach beag air an t-Seanadh ri tim. Ach ma thig, tha eagal orm gur mothà a bhios de chall na de bhuanachd 'n a lorg. Chan 'eil sinn ri bhi a di-chuimhneachadh a bhrosnuchaidd spioraid agus an fharsuingeachadh tuigse a tha ri 'm faotainn anns a' chòmhdbhlài mhóir ud ; nithean a tha príseil araoна do mhinisteirean agus do fhoirfich. Tha iad a' faighinn seallaidh is a cluinntinn ionraidih air meud na h-oibre anns am bheil an Eaglais an sàs araoна anns an dùthaich againn féin, agus ann an dùthchannan céin. Eisdidh iad an sud ri seirbhisich inbheach as gach ceàrn de 'n domhan ; agus gheibh iad fadadh is comhfurtachd air am bheil feum aca, mar nach faigh iad air dhòigh eile. Do bhrigh sin, cha chreid mi gu 'm biodh e a chum maith na h-Eaglaise a leithid sud de chothrom a dheanamh ainneamh dhoibh. A thaobh cheisteán agus chùisean a tha ag agairt rannsachaidd agus réiteachaidh, tha fhios againn ciamar a tha an leithidean sin air buntainn riу a cheana : cuirear iad an toiseach gu Committee, far an cluinnear an guth fann cho maith ris an trompaid, far an laigh an t-uаn ri taobh na leòghainn gun chùram. Theid iadsan an caramh nan gnothuch ud gu réidh, gun chabhaig, 'g an tionndadh is 'g an cìreadh le reusonachadh gus am bi iad cho sliògtà, an uair a bheirear iad fa chomhair an t-Seanadh, is nach bi dragh anna ach mar a b' àbhaist. Mar sin, air leam nach 'eil grunnd a' ghearrainn cho làdir is a shaoileas cuid ; co dhuibh nach 'eil e na aobhar làdir gu leòir air son gu'n rachadh an tuagh a thogail ri Seanadh móر na h-Eaglaise.

#### Aireamh an luchd-comanachaidd

Ag amharc air ionradh staid na h-Eaglais 'n ar dùthaich féin, tha e fior nach 'eil aireamh

ar luchd-comanachaidd uile gu léir cho àrd is a bha i an uiridh ; ach air a shon sin, tha e soilleir gu bheil earamh chumhachdach de'n t-sluagh, chan ann a mhàin fo bhuaidh an t-soisgeil, ach mar bhuill fhollaiseach anns an Eaglais. Tha sinn an còmhnuidh a' cluinntinn gu bheil an sluagh a' tuiteam air falbh ann an tomhas móر o fhrithealadh mheadhonan nan gràs. Feumaidh tomhas air chor-eigin de 'n fhìrim a bhi anns an tuairisgeul sin. Air an làimh eile, tha muillein, dà cheud ceithir fichead is a h-ochd mìle agus sia ceud (1,288,600) de shluagh na dùthcha a' tighinn a dh' ionnsaidh bòrd a' Chomanachaiddh. A nis, chan 'eil ach mu chòig muillein duine ann an Albainn uile. Dhiubh sin, tha buidheann nach beag aig a' Phàp ; agus buidheannan làdir aig eaglaisean eile. Leis a sin, a dh' aindeoin na their cuiid, is iomadh aimisi a bu mhiosa ann an eachdraidh na h-Eaglaise na 'n tím a tha a làthair. Cha chreid mi nach b' ainneamh na h-aimsirean anns an robh tuilleadh de 'n t-sluagh a' deanamh aidmheil fhollaisich air an creidimh. Rud eile : cha tig a bheag an diugh, a réir mo bheachd-sa eo dhiubh, gu bòrd an Tighearna, mur 'eil iad fo tharruing gràis Dhe ; oir tha saorsa am beachd agus an toil féin aca ; agus cha ghabh a bheag dhiubh ceum cho cuðthromach a thoileachadh neach air bith, mur 'eil iad air an gluasad 'n an spiorad fein. N'an tigeadh latha fiomaireachaidh o'n àird air an àireamh mhóir so de dheisciobuil Chriosd, chruth — atharraineachadh iad an dùthaich, dhuisgeadh na mairbh, agus rachadh araoна móran saoibhreis agus móran sheirbhiseach a choisrigeadh a chum an fhogharaidh, a tha a' dol a dholaidh an diugh le'n cion.

#### Bailtean ùra

Tha fhios againn uile mu 'n atharrachadh mhór a tha dol air aghaidh anns an dùthaich mu dheas ; mar a tha bailtean ùra air éirigh taobh a muigh nam bailtean móra, anns am bheil móran mhiltean de shluagh a tha bochd 'n an crannchur. Tha e soilleir gur e fior dhleasdanas Eaglais na h-Alba frithealadh dhoibh-san agus d' an cloinn, ann an gnothuichean spioradail. Cha ghabh sin deanamh gun tighean-coinneamh agus eaglaisean ùra a thogail 'n am measg. Dà bhliadhna air ais, dh' iarradh oirnn suim mhór airgid a thogail—naoi fichead mile punnd Sasunnach (£180,000) ann an trì bliadhna. Dh' aithriseadh aig an t-Seanadh gu'n d' fhuaradh a cheana mu ochd fichead mile (£160,000). Is aobhar taingealachd so nach beag, agus is maith an comharradh e. Tha ministerean 'g an suidheachadh, comhthionailean 'g an cruinneachadh, agus an òigradh 'g an teagastg ann an oilein an Tighearna anns na ceàrnaibh ùra ud.

(*Ri leantuinn*)



## Am Facal Nach Gabh Mùchadh

*"Agus tharladh an uair a leugh Iehudi tri no ceithir earrannan, gu'n do gheàrr e leis an sgein-phinn e, agus thìlg e anns an teine a bha air an teinntean e, gus an robh an clàr gu h-iomlan air a chaitheamh."—  
IEREMIAH, XXXVII. 23.*

GED bu ghlie agus bu dhiadhaidh an duine Giosiah righ Iudaih, cha robh 'na mhic ach diù nam fear. Tha sin glé thric a' tachairt, clann air an togail ann an dachaidhean clùiteach a tha 'n an näire 's n'am bristeadh-cridhe d' am párrantan. Ann an leabhar-eachdraidh righrean Iudaih chan 'eil aon ainn as cliùtiche na Iosiah. O bha e 'na bhalach òg gus an do chriochnaich e a bheatha, an déidh dha rioghachadh aon bhliadhna deug ar fhichead, għluais e ann an slighean ceart, a' toirt ùmhlaghd do lagh an Tighearna agus a' toirt eisimpleir mhaith d'a shluagh. Chuir e air falbh as an dùthach iodhol-aoradh is aoradh-gréine, leanainn-shith is luchd-fiosachd, agus droch chleachdanna eile a bha cur an t-sluagh air seachran o Dhia, agus stéidhich e an creideamh air leabhar an lagha. Is e an teisteanas a fhuair e o luchd-eachdraidh Iudaih, "Rinn e an ni a bha ceart ann an suilibh an Tighearna, agus dh' imich e ann an uile shlighe Dhaibhidh 'athar, agus cha do chlaon e a dh' ionnsuidh na làimhe deise no na làimhe clítche."

Chuir an sluagh Iehoahas air a' chrùn an déidh 'athar, ach cha do rioghaich e ach tri miosan ann 'an Ierusalem. Chuir e an suarachas comhairlean is cleachdannan 'athar; thòisich an rioghachd air dol air a h-ais, agus ann an tine ghoirid thug righ na h-Eiphit air falbh am braighdeanas e.

## Uabhar na h-inntinn nàdurra

An sin chuireadh Iehoaciim a bhràthair 'na righ, ach cha b' esan dad a b' fheàrr. An àite a shùilean a bhi air am fosgladh le droch dheandas a bhràthar agus an deireadh truagh gus an tàinig e bha e mar dhuine a bha suidhichte air eron a dheanamh dha féin is d'a shluagh. Chan éisdeadh e ri comhairle; cha robh suim aige do lagh an Tighearna no urram d'a Phacal, gus mu dheireadh, an uair a thug am Facal sin oilbheum d'a inntinn uaibhrich, an do shrachd e na duilleagan air an robh e sgrìobhta agus an do thilg e anns an teine iad. Sin an naidheachd a tha againn anns na briathran so á leabhar Ieremiah.

Thug Dia iomadh cothrom do Iehoaciim. Tha Dia a' deanamh sin daonnan. Tha e mall chum feirge agus paitl ann an tròcair. An uair nach éisdear ri aon teachdaire cuiridh e teachdaire eile; an uair a dhiúltar a chuireadh

cha dùin e an dorus le feirg. O ! cò as urrainn labhairt air fad-fhulangas an Tighearna agus faidhidinn an Spioraid Naoimh mar bu choir ! Mur biadh an Spiorad Naomh caomhail is faidhidinneach cha bhiodh eadhon an t-aon as feàrr againn air a theàrnadh, oir mhùch sinn a għuħ agus a rabhaidhean fishead is mile uair ; mhùch sinn e cho tric 's gur e iongantas nan iongantasan nach d' thug e suas dòchas dhinn.

Ach tha gràdh Dhé na's faidhidinniche na daoine ; fuilgidh e na h-uile nithean ; creididh e na h-uile nithean ; giùlainidh e na h-uile nithean. Fuilgidh e tair is eas-urram nach fuiling gràdh dhaoine ; cha chaill e a dhòchas do dhaoine air an do thionndaidh eadhon an dàimhich féin an cùl ; leanaidh e iad gu ciùin caomhail, an dòchas gu'n tig iad thuas féin agus gu'n éisd iad ris an impidhl bheannaichte a tha e a' cur orra. O ! nach uamhasach am peacadh e gu bheil daoine a' cur a' għräidh chaoimh so an suarachas ; gu bheil Spiorad faidhidinneach an Tighearna a' strì riu gun sgur agus gun iad a' toirt éisdeachd no urram d'a għuħ ! Am measg gach peacadh d'a bheil dhaoinne ciontaidh a bheil peacadh eile as miosa na so, gu bheil iad a' deanamh dimeas air gràdh cho mór ; a' tionndadh an cùl air an aon Charaid as caomhail agus as maisiche agus as blàithe air an cualas riamh iomradh ?

## Faidhidinn Dhe

Na'n robh Spiorad Dhé mar dhuine cha do lean e air strì ri Iehoaciim cho fada 's a rinn e, oir chrudhaich an righ amaideach a chridhe anns an ole. Smachdaich Dia e le slat a' għräidh uair an déidh uaire ; thug e cothrom an déidh cothroim dha, ach cha do rinn Iehoaciim aithreachas. Gun a bhi a' tighinn thairis aig an àm so air dòighean eile anns an do labhair e ris 'na fhreasdal agus ann an cuisean a rioghachd, chuir e am faidh Uriah thuige a dh'innseadh dha mu oleas a riaghlaidh agus a thoirt rabhaidh dha eucoir a thréigsinn, ach is e na thàinig as a sin gu'n do mharbh e Uriah leis a' chläidheamh agus gu'n do thilg e a chorp ann an uaighean nan daoine coitcheonna. Dh'fheuch e ri greim fhaotainn air an fhàidh Ieremiah cuideachd, a bha deanamh faistneachd an

aghaidh Iudaih, ach shaor Dia a sheirbhiseach as a làimh.

Shaoileamaid gu'n leigeadh Spiorad an Tighearna a nis le Iehoiacim a rathad féin a ghabhail, agus nach biodh aithreachas ann dha na's mò, ach bha làmhan an Tighearna air an sineadh a mach thuige eadhon fathast. “Cò an Dia ann a tha cosmhuil riut-sa, a mhaitheas aingidheachd, agus a ghabhas seachad air eusaontas do shluaign; cha ghléidh e a chorruich gu siorrhuidh oir is toigh leis tròcair.”

Cha d' thug Dia thairis Iehoiacim a dh' ain-deòin a cheannaire is aingidheachd; aon chothrom eile thug e dha air aithreachas a dheanamh. Le beul an fhàidh Ieremiah chuir e teachdaireachd thuige a' toirt rabhaidh dha mu'n chrich a bha roimhe. Bha an teachdaireachd so air a sgriobhadh air clàr-sgriobhaidh fo làimh Bharuich, agus air a leughadh ann an tigh an Tighearna agus annan éisdeachd an t-sluaigh. Dh' innis na h-uaislean do Iehoiacim mu'n fhàistneachd so a rinn Ieremiah, agus “an sin chuir an rìgh Iehudi a thoirt a' chlair d'a ionnsuidh, agus leugh Iehudi e ann an éisdeachd an rìgh.” Mar a chuala Iehoiacim an teachdaireachd a chuir Dia thuige, an àite eagal a ghabhail is ann a ghabh e fearg; spion e an clàr air an robh Facal an Tighearna á làimh Iehudi; gheàrr e leis an sgéin-phinn e, agus thilg e anns an teine e, gus an robh an clàr gu h-iomlan air a losgadh.

### Am a bhinne

An uair a rinn Iehoiacim sin bha là nan gràs seachad dha; thug Spiorad faidhidinneach an Tighearna suas dòchas d'a thaobh, is cha robh dha tuilleadh ach dùil eagalach ri breitheanas is fearg theinnteach. “Ni mise,” thubhairt Dia, “peanas air féin agus air a shliochd, air

son an easaontais; cha bhi aige neach a shuidheas air rìgh-chaithir Dhaibhidh, agus tilgear a chlosach a mach a chum an teas anns an là, agus a chum an reothaidh anns an oidhche.”

Shaoil Iehoiacim gu robh e ullamh agus Facal an Tighearna an uair a chuir e anns an teine e, ach tha sinn a' leughadh gu'n deachaidh clàr eile a sgriobhadh air an robh na briathran ceudna air an cur sios a bha air a' cheud chlàr, agus móran de bhrithribh eile cosmhuil riù. Chan urrainn daoine Facal an Tighearna a mhùchadh no mharbhadh; tha beatha mhaireannach ann, agus eadhon ged chuirteadh anns an teine e thig e as, agus tachraidh e a ris air an duine a chuir ann e.

Tha iomadh leasan a dh' fhaodamaid a tharruing o'n naidheachd so, ach an leasan so gu sònruichte, gur diomhain do dhaoine a bhi breabadh an aghaidh facal is lagh an Tighearna. Tha móran dhaoine aig am bheil fuath do'n Bhiobull, a chionn gu bheil am Biobull a' diteadh am beatha; a' toirmearg nithean d'a bheil gràdh aca-san agus a' gairm an aire gu nithean anns nach 'eil tlachd aca. Ach cha dean am fuath no am mallachd eron no coire air a' Bhiobull, ged ni iad eron orra féin; chan atharraich am fuath aon lide de'n fhìrinn. Mar tha Pol ag ràdh chan urrainn sinn dad a dheanamh an aghaidh na firinn. Tha cumhachd is ùghdarras is neart neo-bhàsmhor innse, oir is ann o Dhia a tha an fhìrinn, agus tha cumhachd an Uile-chumhachdaich is seasmhachd an Ti air nach tig caochladh air a cùl. An uair a tha duine a' dol an aghaidh Facal an Tighearna, a' saoilsinn 'n a amaideas agus 'n a dhannarrachd gu'n toir e dùlain do Dhia, tha e a' cur a bhoillich ri sruth as làidre na Coire-Bhreacain, sruth ris nach urrainn e cothachadh, sruth nach deachaidh riagh is nach téid gu bràth neach 'na aghaidh.

### Anns a'

**A**NNS a' bhliadhna 1813, a' bhliadhna anns an robh Cogadh Mór na Roinn-Eòrpa ri Napoleon 'n a sheusar, bha Màiri Chamshron, nighean do thuathanach beag an Aird-ghobhar, air fasadh aig an t-Siorram an Ionar-nis. Ann an toiseach an Fhoghair leig bean an t-Siorraim dhachaidh i, a dh' fhaicinn a cuideachd, agus air an rathad dhachaidh chuir i seachad oidhche anns a' Ghearasdan, Gearasdan Ionar-Lòchaidh.

Thachair gu'n robh saighdear òg de 'n Fhreiceadan Dhubb anns a' Ghearasdan an oidhche ud, saighdear a bha air a chur dhachaidh le buidheann de phriosanaich Fhrangach, agus a bha nis a' feitheamh gus an tigeadh gairm air dol air ais do'n réiseamaid. Choinnich an dithis, ghabh iad gaol air a chéile, agus gus naidheachd ghoirid a dheanamh, phòs iad ann

### Chathair

am beagan iùine, gun chead cuideachd Màiri. Bha a màthair gu sònruichte fada fada an aghaidh an t-saighdeir.

Bha an Siorram agus a bhean duilich searbhanta mhaith a chall, ach bha iad 'n an daoine ciallach glie is thug iad suim airgid le am beannachd do Mhàiri Chamshron, a chionn gu robh fhios aca gur e pòsadh sona agus urramach a rinn i féin agus an saighdear.

Ged nach robh Màiri 'n a bean-aideachaidh agus nach robh i cinnteach gu robh creideamh slàinteil aice ann an Criosd bha suim aice do Dhia agus d'a Fhìrinn is bhitheadh i a' leughadh a h-uile latha caibideil anns a' Bhiobull. A' mhaduinn a dh' fhàg iad an Gearasdan a dhol do Obar-eadhain, far an robh iad ri aiseag fhaotainn, rinn aon fhacal a leugh i greim

cho làdir air a h-inntinn 's gu'n d' fhan e 'n a cuimhne gu bràth tuilleadh,—*Tha Dia 'n a shuidhe air rìgh-chaithir a naomhachd.* A cheud saighead a chuir an Spiorad Naomh 'n a cridhe.

Air an Rathad gu Obar-eadhain chuir iad seachad an t-Sàbaid ann am baile beag ris an abrar Hunndaidh, an Srath Bhalgaidh. Chaidh iad do'n eaglais air a' mheadhon-là, agus ciod a b' iongantaiche le Màiri Chamshron na gu'n do ghabh am ministear, Seòras Ross Monro, M.A., mar a cheann-teagaig na ceart bhriathran a rinn greim air a h-intinn a' mhaduinn a dh' fhàg iad an Gearsasan,—*Tha Dia 'n a shuidhe air rìgh-chaithir a naomhachd.* An dara saighead a chuir an Spiorad Naomh 'n a cridhe.

Anns an fheasgar choisich iad a mach as a' bhaile air ghaol faotainn leo féin, agus seanchas blàth is diomhair eatorra mar bhios eadar càraidean gaolach daonnan. B'e an rud a bu mhò a bha cur de mhulad air Màiri gu robh i a' fágail na dùthcha gun bheannachd a párantan. Cha b' ann aice-se a bha choireach air a shon sin bha a cridhe goirt.

An uair a bha iad a' tilleadh a steach do'n bhaile lean iad bruachan na h-aibhne, agus faicear aig bun bruthaich a bha greis bhuapa "bothan beag fasgach 's e gealaicht le aol." "A Sheumais, a ghaoil," arsa Màiri, "am faca tu riamh tigh beag eile cho grinn ris? Nach bu shona a bhitheamaid, na'n robh an tigh beag boidheach so agaínn dhuinn féin a dh' fhuireann ann seach a bhi dol a dh' iarrайдh a' chruaidh-chàis do Fhlannrais?"

Rainig iad Obar-eadhain Di-màirt; an oidhche sin féin chaidh iad air bord na luinge a bha dol 'g an toirt do'n Spainnt far an robh Diuc Wellington leis an arm Bhreatunnach ag iomain nam Frangach roimhe.

\* \* \* \* \*

Cha ruig mi a leas innseadh ciod an t-allaban a dh' fhuing Mairi Chamshron anns an tir thall far an do lean i an t-arm dlùth air dà bhliadhna. Ged bha na blàir a bha air an cur aig Ciudad Rodrigo agus Salamanca air an cur m'an deachaidh i a null chunnaic i Waterloo; bha i an sealladh a' bhlàir fhultich sin fad thrì láithean agus a leanabh 'n a h-uchd, leanabh a thàinig gu ire duine agus a bha beò ann an Glaschu ann an 1891.

Bha a céile air a leòn aig Waterloo, ann am flor thoiseach a' bhatail, ach cha robh fhios aice ciod a dh' éirich dha gus an d' fhuair i féin agus na mnathan eile a bha leantuin an airm cead am blàr agus an dùthaich mu'n cuairt a shiubhal. Fhuair i e ann am Brussels ann an àite a bha air a dheasachadh air son shaighdearan leònta. Bha a cridhe làn le gaol is taingeachd an uair a chunnaic i gu robh e beò, ach bha e air a leòn cho dona 's nach gabhadh e gluasad á Brussels fad iomadh là.

An uair a chaidh e beagan na b' fheàrr agus a b' urrainn e seasamh air a chasan thugadh do Shasunn e, ach air dha dol air beulaibh a' Chòirneil agus an dotair anns an réiseamaid chunnacas nach deanadh e feum tuilleadh anns an arm. Mar sin thugadh dha a litir-shaoraidh agus *pension* beag, naoi sgillim 's an là. Cha chumadh am *pension* am biadh 's an aodach iad, is b' fheudar do Mhàiri töiseachadh air nigheadaireachd a ghabhail a steach gus an tigh a chumail, agus goireasan beaga a bha feumail do dhuine easlainteach fhaontainn.

Ach bha freasdal an Tighearn a tha 'n a shuidhe air rìgh-chaithir a naomhachd ag oibreachadh agus ag ullachadh air son na càraig ghaolaich ud. Chuir Morair Hunndaidh fios gu Còirneal an Fhreiceadain Dhuibh, a dh' fhoinneachd am b' aithne dha càraig mheasail air bith a chuireadh e anns an *Lodge* aig a' Gheata air oighreachd Humndaidh. Chuimh-nich an Còirneal air an t-saighdear d' an tug e a litir-shaoraidh o chionn ghoirid is thug e ainm agus a chliù do'n Mhorair. Dh' innis e dha gu robh bean chliùteach sgoinneil aige, oir b' aithne do'n Chòirneal Mairi Chamshron gu maith, is bhiodh e daonnan ag ràdh ris na h-oifigich eile gu robh i na bu chiùine agus na bu bhanaile na gin de na mnathan eile a bha leantuinna na réiseamaid.

Bha cùisean eadar am Morair agus iad féin air an socruachadh gun dàil. Tha an t-slighe eadar Portsmouth, an ceann a deas Shasunn agus Hunndaidh, an ceann a tuath Albainn, fada co dhùi, ach bha i na b' fhaide dhaibh-san a chionn gu robh an saighdear cho uireas-bhuidheach leis a' chrùbaiche a bha 'n a chasan. Ach mu dheireadh rainig iad an ceann-uidhe, agus an uair a rainig iad e agus a chunnaic Mairi Chamshron an *Lodge* anns an robh iad a' dol a dh' fhuireach ghlaodh i le moth, "A Sheumais, a ghaoil, so agad, "am bothan beag fasgach 's e gealaicht le aol" a chunnaic sinn air feasgar na Sàbaid m'an do sheòl sinn do'n Spainnt. Nach 'eil cuimhne agad gu'n dubhaint mi gu'm bu shona dhuinn na'n robh e agaínn dhuinn féin seach a bhi dol air cheann a' chruadail do Fhlannrais?"

Ach bha rud a b' iongantaiche na sin, feitheamh oirre fathast; os cionn teine a' chitsin bha clàr air a chrochadh air an robh na briathran so air an sgriobhadh ann am fuaigheal riomhach, *Tha Dia 'n a shuidhe air rìgh-chaithir a naomhachd.* An treas saighead a chuir an Spiorad Naomh 'n a cridhe.

Bha nighean aig an fhear a bha romhpa anns an tigh aig an robh làmh ghrinn ach droch shlàinte; a chur seachad na h-uine bhiodh i a' deanamh shamplairean, mar theirear riù; fuaigheal riomhach le snàth bòidheach, is bha an samplair ud cho finealta

ann an sùilean a màthar 's gu'n do chroch i e fo ghloine os cionn teine a' chitsin. An uair a shiubhail a h-athair 's a chuir a mathair roimhpe dol a dh' fhuireach le piuthair ann an Eilginn ghabh Morair Hunndaidh an airneis air fad uapa, is bha an samplair air fhàgail leis a' chòrr.

Bha Màiri Chamshron agus an saighdear ann an Tigh-a-Gheata fad iomadh bliadhna, comhfhurtachail gu leòir 'n an crannchur shaoghalta agus measail aig an coimhlearsnaich. Bha dithis chloinne aca, am mac a bha air a broilleach aig blàr Waterloo agus balach eile a rugadh dhaibh trì bliadhna an déidh dhaibh suidheachadh ann an Hunndaidh. Cha deachaidh i riamh air a h-ais a dh' Aird-ghobhar oir cha do rinn a cuideachd uiread agus sgriobhadh chuice, ach air uairean bhiodh ionndrainn 'n a cridhe air an dùthaith shiar, Ceann-Gheàrrloch, is Suaineart, is Müideart.

Ach bha ionndrainn a bu dòimhne 'na cridhe na h-ionndrainn air na beanntan agus na cladaichean thall; bha ionndrainn 'n a cridhe air Dia. Ged bha i stòlda agus faicilleach 'n a caitheamh-beatha, is fritheilteach air meadhonan nan gràs, bhiodh eagal ag éirigh 'n a h-inntinn nach robh a' bheatha shiorruidh 'n a h-anam, a' bheatha shiorruidh a tha Dia a' toirt do chreidmhich tre Iosa Criosd ar Tighearn.

\* \* \* \* \*

Tha àite ann an Hunndaidh ris an abrar Tobar-Eòin, àite a bha air a choisrigeadh le searmonachadh dhaoine naomh o làithean Chaluim-eille. Mu'n bliadhna 1840 bha dùsgadh ann an Hunndaidh; bha coinneamhan

air an cumail a mach air a' bhlàr aig Tobar-Eòin far an robh sluagh mó a' cruinneachadh a h-uile feasgar, is móran dhiubh fo chùram anma. Air feasgar áraidh cò an searmonaiche a bha aig Tobar-Eòin ach an duine diadhaidh R. M. Mac Cheyne? Am measg an luchd-eisdeachd bha Màiri Chamshron. An uair a dh' éirich an duine beannaithe agus a thug e a mach mar cheann-teagaisg na briathran so, *Tha Dia 'n a shuidhe air righ-chaithir a naomhachd*, chuir an Spiorad Naomh a' cheathramh saighead ann an eridhe Màiri Chamshron.

Gus mo naidheachd a ghiorrachadh dhealraich an solus air a h-anam uigh ar n-uigh, is neartaich a dearbhachd ann an gràdh-saoraidh agus ann an cumhachd-saoraidh Chriosd. Chaighd an obair mhaith air an do thòsich an Spiorad Naomh intte air aghaidh o bhladhna gu bliadhna gus mu dheireadh an robh i comharrachte anns an sgìreachd, mar bhean-aideachaidh a bha anabarrach soilleir agus tuigseach anns a' bheatha spioradail. Cha robh R. M. Mac Cheyne riamh ann an Obardhain 'n a dhéidh sud gun dol a mach gu Hunndaidh a dh' fhaicinn Màiri Chamshron.

B' àbhaist dha a bhi 'g ràdh gu'm b' aithne dha ceudan a bha air an iompachadh fo shearmonachadh féin, ach nach robh gin dhiubh air an iompachadh le facial air bith a labhair esan ach le facial air chor-eigin ann am Facial Dhe a rinn greim air an aire agus air an intinn. Sin mar thachair do Mhàiri Chamshron; ghreibimich am facial ud air a h-inntinn is cha do leig e fois leatha gus an do ghéill i do'n Spiorad a bha a' strì rithe, *Tha Dia 'n a shuidhe air righ-chaithir a naomhachd*.

## Anns a' Choille Bheithe

CHA robh sgoil-shamhraidh riamh againn an Cille-sgumain gus am bliadhna, is cha mhò a bha fhios againn co ris a bha sgoil-shamhraidh coltach, ach thàinig sgoil-shamhraidh do Chille-sgumain ann an toiseach an Fhoghair am bliadhna air am bi cuimhne fad iomadh latha.

Bha i air a cumail le "Comunn na Sguaire Uire," comunn aig a bheil e mar chríoch áraidh an saoghal a chur ceart m'an teirig a' ghineal so. Choinnich iad an uirdh ann an Calasraid a dheasbuid na ceiste, "Ciod a tha ceàrr air an t-saoghal?" ach bha cho beag de chòrdadh 'n am measg air a' phuing sin, is dh' fhàs na sgoilearan cho teth agus cho labhar 'n an conn-sachadh 's gu'n d' aontaich iad mu dheireadh, air ghaol sithe, a' cheist sin fhàgail gun fhuasgladh agus dol air an aghaidh a chur an t-saoghal ceart gun dàil. "Cuiridh sinn an saoghal ceart an toiseach," arsa fear na Cathrach, "agus an sin rannsaichidh sinn ciod a tha ceàrr air."

Thàinig iad do Chille-sgumain feasgar Disathuirn; air maduinn na Sàbaid chaighd iad do'n eaglais is liubhair an t-Urramach Niall Mac Phàrlainn, B.D., searmon freagarrach air a' cheann-teagaisg so, "Agus thubhairt iad gach aon ri chéile, Thigibh, togamaid dhuinn féin baile, agus túr, aig am bi a mhullach a' ruigheachd gu nèamh, agus deanamaid dhuinn féin ainn, air eagal gu'n sgaoilear o chéile sinn air aghaidh na talmhainn uile. . . . Uime sin thugadh Babel mar ainm air a' bhaile, a chionn gu'n do chuir an Tighearn thar a chéile cainnt na talmhainn uile; agus uaithe sin sgaoil an Tighearn iad air aghaidh na talmhainn uile (Genesis xi. 4, 9.)

Ciod air bith dòigh anns an roinnear iad, no ciod air bith ainm a bheirear orra, chan 'eil anns an t-saoghal ach dà sheòrsa dhaoine uile gu léir, an fheadhainn a tha cinnteach gu'n rachadh aca-san air an t-saoghal a chur ceart, agus an fheadhainn eile.

Cha robh gin de na thàinig do'n sgoil-shamhraidh toilichte leis an t-saoghal mar tha e ach cha mhò a bha gin dhiubh a' creidsinn anns na dòighean a bha aig càch air a chur ceart. Bha aon fhear de na labhair cinnteach nach robh leigheas ann do'n t-saoghal ach ionnsachadh a thoirt do'n chloinn; an cumail anns an sgoil gus am biodh iad seachd bliadhna deug agus tuarasdal a thoirt dhaibh an uair a ruigeadh iad ceithir bliadhna deug.

Fad na h-uine a bha e' bruidhinn bha boirionnach àrd caol, agus speuclair oirre, a' sealantuinn air le ro-aire, mar gu'm biodh i ag òl a bhriathran mar bhainne blàth, ach ged bha i a' sealantuinn air cho dùr cha robh i ag éisdeachd ri aon fhacal a bha e ag ràdh oir cha robh i ach a' feitheamh gus an sguireadh e agus am faigheadh i cothrom air leum 'n a seasamh i féin. An uair a rinn i sin thubhaint i nach robh e chum feum air bith a bhi cosd airgid air sgoilean no air cloinn gus an stadarad muinntir na dùthcha so de bhi ag itheadh feòla. Thubhaint i gu robh puinnsean na feòla a' dol air feadh na fala, a' marbhadh nam fridean dearga a tha innte agus a cur sgleò air an eanchainn, agus dhearbh i bho sgrìobhaidhean lighichean a leugh i gu bheil fèòil buailteach air grodadh ma tha i air a cumail fada gun salann ann an sid theith.

Cho luath 's a chual e iomradh air salann leum fear eile 'na sheasamh agus shearmonaich e mu'n éifeachd a tha ann an salann cho dùrachdach 's ged bu mhissionaraidh e a' searmonachadh do na cinnich. "Tha iomradh air salann," ars' esan, "ann am Plato agus anns a' Bhiobull; bha èolas aig muinntir Persia air an éifeachd a tha ann an salann anns a' choigeamh linn agus chan 'eil e air a ràdh o cheann gu ceann de sgrìobhaidhean Herodotus gu'n do shiubhail saighdear Greugach a bha faotaim salainn le cùitheadamh no le cancer no le uric acid anns an fhluil."

Lean iad orra fad seachduin agus a leigheas féin aig gach aon dhiubh air eucailean *na feadh-nach eile*. Bha freumh de'n chuthach anns na h-eanchainnean aca wile ach tha mi an dùil gu

robh barrachd de fhiabhrus a' chuthaich anns an fheadhainn air an robh ro-chùram mu'n chorpa bha ann an càch. An uair a thòisicheas daoine air ro-chùram a bhi orra m' an cridhe no m' an grùthan; no thòisicheas iad air iad féin a dhotaireachd; no air leughadh mu chungaidhean a bhios marsantan a' moladh dhaibh, tha iad air bruach sluic a tha cho domhain dorcha ri Tophet. Bu cho mhaith do dhuine a bhi marbh ri bhi a' smuaineachadh mu bhuill agus mu oibreachadh a chuirp féin gun sgur; mar is lugha is aithne dha mu oibreachadh a mhionaidh agus a ghoile agus a chridhe is ann as fheàrr dha. Tha dotairean ann air son a' ghnothuich sin, agus is glic do'n h-uile duine gach diomhaireachd a bhuineas do'n cholruinn fhàgail 'n an làmhan-sa. Bheir sin saorsa immenn dhuit, co dhiu a bheir e slàinte dhuit no nach toir, agus gun saorsa intinn b' fheàrr dhuit a bhi marbh na bhi beò. Ma tha am bàs ri tighinn ort thig e ort co dhiu.

Bha fir agus mnathan anns an sgoil-shamhraidh ud a bha cinnteach gu'm biodh nèamh air thalamh na'n gabhadh daoine eile an comhairleasan a thaobh nithean neònach a fhuair iad a mach. Fhuair fear dhiubh a mach nach ruig thu a leas eagal a bhi ort roimh *appendicitis* ma dh' itheas tu làn spàine de ghainmhich tri uairean 's an latha. Gus a phuing a dhearbhadh dh' fhaighnich e de'n chuideachd an cual iad riamh *appendicitis* a bhi air each no air mart? "Is e an t-aobhar," ars' esan, "gu bheilear a' toirt dhaibh túirneap agus buntata gun ghlanadh agus gu bheil iad ag iteadh na h-ùrach." Fhreagair cuid-eigin gu'm faca esan greimionaich air each iomadh uair, ach thog so uiread connsachaidh 's gu'm b' fheudar do fhearr na Cathrach dol 's an eadraiginn.

Tha an sgoil a' dol air aghaidh fathast, is theagamh gu'm bi gu bràth tuilleadh oir tha an saoghal dannarra is duilich a chur ceart ach tha àireamh nan daoine aig a bheil dùil gu'n gabh e cur ceart le sgoiteachd no le gisreagan beaga faoine a' meudachadh a h-uile bliadhna.

Tha gliocas a' còmhnuidh maille ri céil.

## Aig an Uinneig

Is miosa na'n t-uireasbhuidh tuilleadh 's a chòir

**L**a a thachair fear de na foirbhich air an Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., dh' innis e dha gu robh Anna Nic an Tòisich air mhì-shaod, agus a' gearan nach do chuir e a chas a steach air a dorus o chionn bhiadhna. "Thubhaint mise rithe," ars am foirbheach, "gu robh móran agaibh ri dheanamh ach gu'm faodadh i bhi cinnteach nach biodh sibh fada gun tadhall oirre."

Bha Anna Nic an Tòisich air mhì-shaod gun teagamh; "tha am ministear tric gu leòr anns a' choimhearsnachd so, a' tadhall air daoine eile, ach tha bliadhna mhór o nach do chuir e a shròn a steach air mo dhorus-sa, no uiread agus fhoighneachd an robh mi beò."

An ath Di-luain chaidh Niall Mac Phàrlain, B.D., a dh' amharc Anna; chaidh e 'g a amharc a ris Di-màirt; leig e seachad Di-ciadaoin a chionn gu robh e aig tiodhlacadh, ach bha e air ais Di-ardaoin, agus Di-haoine.

An ath uair a choinnich am foirbheach rithe cha b' ann air mhi-shaoed a bha Anna ach air a h-each mór. "An tug sibh an aire," ars' ise, "a bheil dad ceàrr air a' mhiniestar? chan urrainn mise a chumail air falbh o mo dhorus; is ann a tha e a' sgìathalaich mu'n cuairt orm mar gu'm bu mhi peacach as miosa an Cille-sgumain; tha an duine a' call a thùir."

### Is leathann an t-slighe

Tha am facial so fior ann an dòigh eile a thuilleadh air an t-seagh anns a bheil e air a chleachdadh anns a Bhiobull. Mar is leithne a thatar a' deanamh nan rathaidean-móra an diugh is ann is mòd a tha de dhaoine air am marbhadh orra. Tha na rathaidean leathann a' treòrachadh a chum sgrios a chionn gu bheil iad 'n am buaireadh do dhaoine a bhi deanamh réiseadh gun chiall orra. Air an t-seachduin so chaidh bha ochd fichead duine air am marbhadh agus suas ri còig mile air an dochann air rathaidean-móra na dùthcha so, is tha sin a' dol air aghaidh a h-uile seachduin. Sin a' phris a thatar a' pàigeadh air son farsuingeachd nan rathaidean; na'n robh iad na b' aimh-leithne cha bhiodh uiread call orra.

Ach chan 'eil feum ann do dhuine air bith an diugh feuchainn ri cur an aghaidh na feedhnach a tha an dùil nach 'eil dòigh as cinntiche air sonas agus soirbheachadh a thoirt do'n dùthcha na rathaidean farsuing a dheanamh. Cha bhiodh ann ach guth ag eiginheadh anns an straighlich a chluinnear air na rathaidean sin féin. Bhatar an dùil aon uair nach robh agaínn ach rathaidean farsuing fhaotainn anns a' Ghàidhealtachd 's gu'm biodh na glinn ait agus gu'n tigeadh na bailtean beaga fo bhùlath mar an ròs, ach is e a tha tachairt gu bheil na rathaidean farsuing a' cur as do mharsantan, do ghoibhnean, do thàilearan, agus do gach seòrsa eile de luchd-ceaird anns a' Ghàidhealtachd. An àite a bhi a' ceannach guail o'n mharsanta agaínn fhéin tha an dara leth de mhuinnter Chille-sgumain a nis 'g a cheannach bho *lorry* a tha tighinn tri fichead mile á Fios. Tha fichead bùth air chuibhlichean a' tighinn a h-uile seachduin á Dundeagh, agus á Glaschu, agus á Dùn-éideann, agus á Struidhla, o na bha na rathaidean-móra air an deanamh leathann. Tha sin a' sgrios beatha na dùthcha agus nam bailtean-beaga.

### Ag ath-cheannach na h-aimsir

Am measg nithean eile a tha am facial so a' ciallachadh tha e a' ciallachadh gur còir dhuinn feum ceart a dheanamh d'ar n-ùine. Tha ar làithean a' dol seachad mar shruth, agus mur bheil duine cùramach m'a ùine thig

an oidhche air agus gun 'obair crìochnaichte. An abradh tu gu robh an duine so ag ath-cheannach na h-aimsir, croítear no leth-thuathanach a bhios a' sgrìobhadh anns na paipearan-naidheachd, a' faontainn coire dò'n Ghovernment a chionn nach 'eil iad a' gearradh an rainnich a tha ion 's a' Ghàidhealtachd a chur fàs?

8.	A.M.	Dhuisg e.
8.20	"	Thionndaidh e air a thaobh chli.
8.40	"	Thionndaidh e air an taobh eile.
9	"	Dh' éirich e.
9.30	"	Ghabh e a bhráiceas.
10	"	Las e a phlob.
10-30	"	Chuir e air a bhrògan.
11	"	Sheall e a mach a dh' fhaicinn ciod an taobh a bha a' ghaoth.
11-12	"	Bha seanchas aige ri Seònaid Eachainn agus i a' dol do'n tobar. Thubhairt e ri Iseabal a phiuthar nach b' fhiach dha tòiseachadh air a' bhuntata a għlanadh gus an gabhadh e a dhinneir, is shuidh e air beinge a' leughadh <i>Tim an Obain</i> .
12-1.30	P.M.	An déidh a dhinnearach rinn e norradh cadail gus an do dhuisg tathunnaich a' choin e agus Eòghan Bàn air tighinn a steach.
2-3	"	Ghabh e fhéin agus Eòghan Bàn smog, is chuir iad sios air a' Ghovernment a chionn nach robh iad a' deanamh dad air son an duine bhochd. .
3-4	"	Ghabh e smog eile.
4-4.30	"	Ghabh iad tea.
4.30-5	"	Ghabh iad smog eile.
5-5.30	"	Chaidh e greis de'n rathad le Eòghan Bàn.
6	"	Dh' fharraid e a dh Iseabal an d' thug i biadh do na laoigh.
6.30	"	Ghabh e smog eile.
7	"	Thubhairt e ri Iseabal nach b' fhiach dha tòiseachadh air a' bhuntata gus am màireach.
7.30	"	Ghabh e smog eile.
8-11.30	"	Chaidh e air chéilidh, a' smogadh agus a' seanchas fad na h-ùine, agus a' cur sios air a' Ghovernment.
12	"	Chaidh e a' laighe, ag ràdh ris féin gu'm feumadh e éirigh tràth agus uiread aige ri dheanamh. Bhruadar e gu'n do chuir an Government réiseamaid shaighdearan a għlanadh a' bhuntata.

### Trì mallachdan an Tuathanach

Am measg gach àgh is beannachd eile a tha air eilean mo dhùchais chan 'eil coineanan

ann. Cha toigh leam an coinean beò no marbh, air a' bhìlair no air a' bhòrd. Tha tuilleadh 's a chòir dhiubh ann daonnan ach tha iad cho lìomhor am bliadhna, ann an Adholl co dhiu, 's gu bheil iad am impis an dùthachd a chur fodha fein. Uaireigin de 'n t-saoghal ann an siorramachd Rois bha e air a ràdh gu'm b' e trì mallachdan an tuathan-aich, reòthadh Céitein, ceò Iuchair, agus an Toitear Sàileach. Ach an diugh is e tri mallachdan an tuathan-aich air feadh na Gàidhealtachd gu léir, féidh, agus rainneach, agus coineanan. Chan urrainn na tuathan-aich féidh a chumail sios oir chan 'eil sin air a cheadachadh dhaibh le lagh na rioghachd ach dh' fhaodadh iad coineanan is rainneach a chumail sios na's fhèarr na tha iad a' deanamh.

Tha iomadh nàmhaid aig a' choinean ach a dh' aindeoin gach ruagadh a thatar a' deanamh air tha e 'g a thoirt fein as orra uile, air chor agus nach eil e ceart a ràdh gur creutair e gun eanchainn. Gle thric cluinnidh tu duine ag ràdh mu dhuine 'eil gu tâireil nach 'eil eanchainn coinein aige. Ach cha chreutair gun eanchainn creutair air bith a tha toirt dùlain do dhroch aimsir, do gheamairean, do bhalaich-sgoile, do fheòckillain, do shionnaich, agus do fhichead nàmhaid eile a tha an tòir air.

Is suarach an tìne bho thàinig an coinean do'n Ghàidhealtachd an toiseach, is theagamh gu'n tugadh ann iad mar pheatachan. Anns an leabhar a chuir Osgood H. Mac Coinnich, Inbhir-iù, a mach o chionn beagan bhliadh-nachan tha e ag innseadh gur e a sheanair a thug á Sasunn na ceud choineanan a chunn-acas ann an siorramachd Rois. Shòlaich iad cho luath 's gu bheil iad a nis a' maoidheadh a' cheart rud a dheanamh air caorach a rinn a' chaora fein air a' chrann-treabhaidh. Tha iad na's miosa an Astralia na tha iad ann an Albainn. Uair a bha Astralianach agus Albannach còmhla ann an carbad-iaruinn thòisich an t-Albannach air bòilich, mar is tric a bhios Albannach agus Gàidheil a' deanamh. "Tha fhios," ars' esan ris an fhear eile, "gur h-aithne dhuit móran Albannach an Astralia; tha móran dhiubh agaibh anns an dùthaich." "Tha," ars' an t-Astralianach gu goirid,

"ach tha na coineanan a' deanamh barrachd cròn oirnn."

### An eaglais agus a' Ghàidhlig

Bhiodh e glie do Eaglais na h-Alba a chuijmh-neachadh ciod a thachair aig àm an Dealachaидh. Dh' fhàg uiread de na ministearan a b' urrainn Gàidhlig a shearmonachadh an eaglais 's gu'm b' fheudar dhi ministearan a shuidheachadh ann an cui'd de sgìrean anns a' Ghàidhealtachd aig nach robh facal Gàidhlig. Theagamh gu'm b' fhèarr sin seach na sgìrean fhàgail falamh. Ach bha a bhul. Cha robh anns na ministearan sin ach coigrich am measg an t-sluagh uile làithean am beatha. Chan 'eil teagamh nach d' fheuch cui'd dhiubh ri cainnt na dùthcha ionnsachadh, ach bha na h-oidhirpean tuathall a bhiodh iad a' deanamh air searmonachadh an Gàidhlig 'n an culaidh-mhagaidh an seanchas an t-sluagh. Cha do thòisich Eaglais na h-Alba air a ceann a thogail anns na sgìrean sin as ùr gus an d' fhuairead iad ministearan òga de mhuinntir na dùthcha a b' urrainn labhairt ris an t-sluagh 'n an cainnt féin.

An diugh tha a' Bheurla a' tolladh a steach a ris, is tha àireamh nan coimhthionailean anns a bheil Gàidhlig air a searmonachadh a' fas na's lugha a h-uile bliadhna. Tha iomadh aobhar air sin, aobharan nach ruig sinn a leas aimmeachadh air an duilleig so, ach cha bu chòir do'n eaglais a bhi air *thoiseach* ach air *dheireadh* air each ann a bhi leigeil na Gàidhlig á cleachdad. Cho fad 's a thig eadhon leth-dusan de choimhthional a mach gu seirbhis Ghàidhlig tha e ceart gu'm biodh cothrom aca air aoradh a dheanamh ann an Gàidhlig, co dhiu an dràsd 's a ris. Tha e fior gur e an sluagh iad fein as coireach gu bheil a' Ghàidhlig a' dol air chùl nam bòrd an coimeas ris a' Bheurla; is fhèarr leò an t-seirbhis Bheurla na 'n t-seirbhis Ghàidhlig ach a mhàin anns na h-Eileanan, a chionn gur ann anns a' Bheurla is deise iad. Ach air a shon sin uile bha còir aig an eaglais taobh bhùlach a bhi aice ris a' Ghàidhlig agus feuchainn ris an t-seirbhis Ghàidhlig a chumail beò cho fad 's a ghabhas e deanamh.

## Ard Sheanadh na h-Eaglais

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUIN, PH.D.

AM measg gach gnothuich eile a bha air Abheulaibh an t-Seanaidh cha do rinneadh dearmad air a' Ghàidhealtachd, araon 'na cùisean timeil agus spioradail; oir tha iad tointte 'na chéile a ghnàth. Do bhrigh sin, thugadh fa chomhair an t-Seanaidh suidheachadh an t-sluagh ann an céarnaibh àraidi

dhi; croiteirean gun chomas air am fiachan a phàigheadh do Bhòrd an Fheàrrainn; iasgach cladaich a' dol am mùgha an còmhnuidh; móran fearainn a' dol fas, 'g a thachdad le rainneach is air a ghortadh le cion dhigean; ciùirdean agus ealainean a b' àbhaist a bhi cumanta, air dol as aithne na h-òigridh; agus

cha mhór gach ni air am bheil daoine a' cur feum 'g a cheannach á bith, no 'ga fhaotainn as a' bhaile-mhór; 'na chois so uile, sluagh na dùthcha an còmhnuidh a' tanachadh do bhrigh nach 'eil cosnadh no beò-shlàint ri fhaighinn intte ach aig àireamh shuarach an coimeas ris na bha i a' giùlan eadhon leth-cheud bliadhna air ais. Nach truagh a bhi a' faicinn dùthcha bhreagha 'g a falamhachadh d'a pobull, agus na dh' fhàgar innte air bheagan ealain, sgil, agus tapaidh, an coimeas ri 'n àthraichean, a chionn nach 'eil iarraidh air an saothair? An gabh idir bacadh a chur air traoghadh an t-sluagh as an dùthach? Their cuid nach gabh, do bhrigh gu bheil laghanna cumhachdach ag oibreachadh gu bhi a' fasachadh na Gàidh-ealtachd. Tha cuid eile de'n bheachd gu'n gabhadh lagadh, no eadhon casg buileach a chur air cuid de na h-aobharan sin, agus ath-leasachadh nach beag a thoirt gu buil. Co dhiubh, tha an t-àm a bhi a' rannsachadh suidheachaidh a tha gach latha a' dol ni's miosa. Is e a mhàin Uachdranachd na dùthcha is urrainn cosd air a leithid sin de rannsachadh; oir ma nithear idir e, feumar á ghiúlan a mach le daoine, turail, eòlach air an dùthach anns gach ceàrn dhi, agus tuigseach air iomadh gnothuch. Thug an Seanadh ùghdarras do aon de na *Committees* a' chûis so a thoirt fa chomhair Rùnair na Staide, ag iarraidh gu 'n òrduicheadh e a leithid do rannsachadh a chur air aghaidh, anns an dòchas gu'n nochdadh sin meadhanon sònruichte trid an leasaichear cor an t-sluagh, agus am faigh tuilleadh dhiubh beò-shlàint 'n an dùthach chiataich féin. Ciod air bith a thig as, bha e ceart do Eaglais na dùthcha aire nan cumhachdachd a tharruing ris a' chall a tha a' dol air aghaidh o bhliadhna gu bliadhna gun ni 'g a dheanamh a chur grabaidh air.

### An tirean céin

Tha gnothuch Eaglais na h-Alba chan ann a mhàin 'n ar dùthach féin, ach feadh an t-saoghal pharsuing. Tha aobhar taingealachd againn gur ann mar sin a tha, agus gur fada o

na ghabh ar n-Eaglais gu cridhe òrdugh Chriosd — "Imichibh-sa, agus deanaibh deisciobuil de gach uile chinneach." Mar thoradh air saothair nan abstol a chuir i do Mhanchuria, do India, agus do Africa, tha an creideamh fior a' sior mheudachadh anns na dùthchanna móra sin, agus eaglaisean air an sudheachadh anna, a tha ann an tomhas mór air am bonn fein; ach fhathast, chan 'eil iad cho stéidhichte is gu'n seas iad gun taic gun treoir o'n eaglais mhàthaireil. Mar sin feumar leantuinn air a bhi 'g an cuideachadh le ministerean, luchd-teagaisg cloinne, lighichean, mnathan-eiridinn, sgriobturan agus leabhrachaean eile a chumail riu trid am bi iad air an comhfhurtachadh, agus am bi aobhar Dhe 'n am measg air a fhreumh-achadhagus mu dheireadham faodar an gnothuch uile earbsadh riu fein. Gus an tig an latha sin, tha e mar fhiachaibh air gach ball beò de 'n Eaglais an t-saothair phriseil so a chuideachadh. Tha an Tighearna an déidh dorus farsuing fhosgladh romhainn anns gach dùthach anns am bheil ar n - Eaglais a' saothrachadh. Bhiodh e tàmailteach 'n an tigeadh oirn sgùr le cion airgid no gainne dhaoine, an uair a tha sinn cho saoibhir, agus an uireasbhuidh-san cho mór. Chan 'eil gnothach eile air thalamh cho airidh ri craobh-sgaoileadh an t-soisgeil am measg nan Cinneach aineolach. Bu drùigheach a bhi a làthair aig an t-Seanadh am feadh is a bha buidheann ghasda de ghilleann agus de nigheannan ullaichte air son an seirbhis, air an coisrigeadh le ërnuiugh, agus air an near-tachadh le earail dhiadhaidh mu'n seòl iad do na dùthchannan céin ud a dh' fhoillseachadh gràidh Dhe dhoibh. Tha móran d' ar sluagh a' dol anna gun choisrigeadh, a' sìreadh an saoibhreis; tha na missionaries a mhain a' dol thuca 'g an deanamh beartach le eòlas na beatha maireannach. Tha feum air tuilleadh d' an scòrsa. Ma tha oilleinich òga Ghàidh-ealach a cluinnim gairme Chriosd anns an linn so, tha e 'n a iognadh mur a gluaisear cuid dhiubh a dh' ionnsuidh na seirbhis so; oir tha am fogharadh mór da-rìeadh agus an luchd-obair fhathast tearc.

## Carthannachd

AIR teangaidhean thig failigeadh;  
Air fàidheadaireach thig crioch  
Is caithidh gibht is eòlas as  
Mar cheò a bhiodh air sliabh  
Ach gaol is ni neo-chriochnach e,  
Bhios siorruidh buan gu bràth,  
Oir's ann an uchd na Trianaid  
O chian a ghn an gràdh.

'Se 'n gaol an fhior fhuil uasal  
A tha gluasad feadh nam ball,  
Toirt beath' is blàths is àrach  
Do gach uile ghràs a th' ann;  
Tha eadhon am fior chreideamh  
A' sior oibreachadh tre ghaol,  
A' sruthadh nìos o'n tobar,  
A chaidh fhosgladh 'n a thaobh.



## Dorus do bhilean

*Gleidh do theangadh o ole,  
Agus do bhilean o labhairt ceilg.* —AN SALMADAIR (xxxiv, 13)

CÒ is urrainn na briathran a sgriobh an t-abstol Seumas mu'n teangaith a leughadh gun chrith a thighinn 'n a fheòil le eagal, eagal gu'm faod a theangadh féin a bhi làn de nimh bàsmhor? "Is teine an teangadh," ars' esan; "saoghal na h-aingidheachd am measg ar ball; salaichidh i an corp gu h-iomlan, agus lasaidh i cursa nàduir; agus tha i féin air a lasadh o ifrinn." Briathran eagallach, briathran a bu chòir do chur air do ghlùinean a dh' irnuigh gu'n gleidheadh Dia do theangadh o ole agus do bhilean o labhairt ceilg.

Tha ficeadòr dòigh anns am faod daoine peacachadh le'n teangaith, ach tha cuid de na dòighean sin as miosa na càch. An duine a bhios a' mionnachadh agus a' mallachadh, tha an duine sin a' peacachadh le theangaidh, agus a' peacachadh gun aobhar. Chan 'eil droch chleachdadh am measg dhaoine as cumanta na mionnan, ach is cleachdadh grannda e am fianuis Dhe agus dhaoine. Tha luchd nam mionn am bitheantas cho mì-naomh 'n an cridhe 's a tha iad salah 'n an cinnit, gu sòruicichte an fheadhainn dhìubh a bhios a' toirt ainm an Tighearn an diomhanas.

Toibheum, is draosdachd, is cainnt shalach, tha na nithean sin 'n an gràineileachd do Dhia. Ma tha duine a' toirt fianuis-bhréige an aghaidh a choimhlearsnaich, no a' togail droch thuaileas air, tha an duine sin a' peacachadh le theangaidh. Ma bhitheas sinn a' gearan an aghaidh Dhe agus a' faotáinn coire d'a fhreasdal ciod a tha an sin aich peacadh? Oir tha sinn a' cur eas-urrann air Dia le ball d' ar corp a thug e dhuiinn a' chum ainnm féin a ghlorachadh.

Ach is e am peacadh sòruicichte air am bu mhaith leam bruidhinn aig an àm so, breagan, oir tha mi an dùil gur e sin ole as miosa is urrainn duine a chur an gniomh le bhilean. Ged is oilteil an rud toibheum, no mallachadh, faodaidh dòchas as fheàrr a bhi againn a thaobh luchd nam mionn no a thaobh luchd nam breug. Théid daoine a steach do rioghachd Dhe agus iomadh failing annnta ach cha téid daoine breugach a steach innte. Tha Facal Dhe a' cur "an neach a ghràdhlaicheas agus a ni breug" air an aon ghad ri luchd-striopachais, agus mortairean, agus luchdiodhol-aoraidh. Cha téid daoine breugach a steach do rioghachd Dhe a chionn gu bheil puinnsean anns na breugan a ghroddas cridhe duine gu h-iomlan.

Tha cuid de pheacaidhean a dh' fhaodar a choimeas ri meang a chi thu ann an ubhal no ann am meas eile. Ged tha meang innte, agus rud beag de ghrodadh anns an iomall, tha an cridhe agus an còrr dhith fallan gu leòir. Faodaidh duine a bhi rud beag gaolach air an uisge-bheatha ach fhathast a bhi uasal, glan, caomhail, 'n a nàdur; faodaidh duine a bhi trom air miònnan ach fhathast a bhi suairee is blàth-chridheach. Chan 'eil mise a' moladh nam failingean sin ann an duine air bith, ach a thaobh iomadh duine anns a bheil iad, tha e fior nach 'eil iad a' dol na's dòimhne na iomall a bheatha agus a nàduir, agus gu bheil e fallan gu leòir 'n a chridhe, ged tha meang ann a ghabhas faicinn. Ach tha luchd nam breug mar ubhal a tha grod anns a' chridhe. Ged a dh' fhaodas an craicionn a bhi slàn, agus a dh' fhaodas i bhi bòidheach gu leòir o'n taobh a muigh, sgaoilidh an lobhadh agus oibrichidh e am bàs uair-eigin.

Air eagal gu 'n saoil sibh nach 'eil mi a' tomhas mo bhríathran, no gu bheil mi na's truime air na breugan na tha Dia féin, bu mhaith leam a chur sios air an duilleig so ciod a tha Facal an Tighearna ag ràdh umpa.

*Chan fhairich fear-labhairt bhreug fa chomhair mo shùl.*

*Tri nithean is suathach leis an Tighearna, uabhar, is breugan, is dòrtadh fala neochiantach.*

*Is gràineileachd do 'n Tighearna bilean nam breug.*

*Na deanaibh breug d'a chéile do bhrìgh gu'n do chair sibh dhìbh an seann duine.*

*Is feàrr duine bochd na breugaire.*

*Cha bhi an teanga bhreugach ach car tiota.*

*Sgriosar luchd-labhairt bhreug.*

*An tì a labhras breugan cha téid e as.*

*Aig na h-uile bhreugairean bithidh an cuibhrionn anns an loch a tha dearg lasadh le teine agus pronnusc.*

*Am measg nau daoine a bhios air an dùnadh a mach as a' bhaile naomh, a réir Eoin, tha gach neach a ghràdhlaicheas agus a ni breug.*

Ach tha breugan is breugan ann. Tha ionradh againn air cuid de na naoimh a thuislich anns a' cheum so ach a rinn aithreachas m' an gann a bha a' bhreug a mach as am

bilean, daoine a bha air am buaireadh gu h-obann agus a bha air an glacadh ann am peacadh m' an deachaidh iad 'n am faireachadh. Chan ionann dhaibh sin idir agus do'n t-seòrsa dhaoine a tha air am beò ghlacadh le spiorad nam breug, daoine a thig a' bhreug gu am bilean cho furasda ris an fhàrrinn. Thuislich Abraham, agus Iacob, agus Daibhidh, agus Peadar, anns a' cheum so, uair 'n am beatha, is dhìol iad gu goirt air a shon, ach cha b'urrainn duine air bith a chur as an leth nach bu daoine firinneach iad. Eadhon an uair a bha a' bhreug air am bilean b' ionmuinn leò an fhàrrinn an taobh a stigh. Ach chan ann mar sin do'n t-seòrsa eile; eadhon an uair a tha an fhàrrinn air am bilean (agus bithidh an fhàrrinn aca air uairean) is ionmuinn leò cealg agus breugan an taobh a stigh. B' ann de'n t-seòrsa so Gehasi, duine cho sleamhain cealgach 's a tha ionradh air anns a' Bhiobull. Tha e furasda gu leòir dhuit breug aithneachadh ma tha duine maith 'g a h-innseadh; thig liodachd is gagachd 'n a theangaidh agus an fhuil 'n a aodann. Ach cha robh gagachd air bith aum an teangadh Ghehasi an uair a dh' innis e an naidheachd bhreugach ud do'n fhàidh, is cha mhò a thàinig rudhadh 'n a ghruaidh. Bha e suas ri breugan a dhealbh, agus ann an làrach nam bonn rinn e suas naidheachd a bheireadh an car à Satan fein.

Tha dà naidheachd anns a' Bhiobull, té dhiubh anns an t-Seann Tiomnadh agus an té eile anns an Tiomnadh Nuadh, anns a bheil e air innseadh gu'n d' thug Dia breiteanas uamhasach air daoine a dh' innis breugan; air Gehasi, seirbhiseach Elisa, agus air Ananias agus air a mhnaoi. Chaidh Gehasi a mach á fianuis Elisa 'n a lobhar, geal mar shneachd, is thuit Ananias agus Saphira marbh as an seasamh. Bha am peanas uamhasach gun teagamh, ach bha peacadh na triùir an-tromach.

Bha Ananias 'n a dhuine sauntach agus 'n a dhuine féineil (féineil anns an t-seagh gu'm bu toigh leis moladh dhaoine agus glòir shaoghalta) agus glé thric tha an seòrsa dhaoine sin buailteach do dhol air seachran. Ma chumas tu do shùilean fosgailte chi thu gur tric a

tha daoine sauntach, breugach, agus daoine aig a bheil inntinn dhòmhain. Na'n d' thubhairt Ananias ri Peadar, Reic mi m' oighreachd, is tha mi a' toirt an uiread so de'n phris a chuideachadh aobhar an t-soisgeil, ach tha mi a' gleidheadh trian mhaith de'n phris air mo shon féin, chan abradh Peadar ris gu'm b' ole a rinn e. Ach rinn e féin agus a bhean suas eatorra gu'n tugadh iad an car as na h-abstoil, air ghaol a bhi mór agus a bhi measail, agus air ghaol ainm a bhi aca air son diadhaidheachd agus fialaidheachd nach do thoill iad. Chan aon do dhaoine a rinn iad a' bhreug ach do Dha; lòn Satan an cridhe a dheanamh bréige do'n Spiorad Naomh.

Chan ionghnadh ged tha an naidheachd so a' criochnachadh leis na briathran, "Thàinig eagal mór air an eaglais uile, agus air na h-uile a chuala na nithe so." Bha e feumail gu'm faiceadh an eaglais ann an tùs a tòiseachaidh cho gràineil 's a tha cealg agus breugan am fianuis Dhe; bha e feumail gu'm bitheadh e air a dhèargadh air inntinn nan creidmbeach gur e tuarasdal nam breug am bàs.

*Cha bhi fianuis bhréige gun pheanas; agus sgriosar an ti a labhras breugan (Gnàth-Fhacail xix. 9).*

\* \* \* \* \*

(1) *An urrainn breugaire a bhi 'n a charaid dileas?*

(2) *Cò is fheàrr leat, an duine a their riut an rud a chòrdas riut no an duine a dh' innseas dhuit do lochdan?*

(3) *Cia dhiubh is fheàrr, siobhaltachd no an fhàrrinn lom?*

(4) *Ciod an saoghal a bhitheadh ann mur biodh neach idir a' labhart na firinn?*

(5) *Agus ciod an saoghal a bhitheadh ann na'n robh a h-uile duine firinneach?*

Fàgaidh mi ceithir de na ceistean sin agaibh gu bhi a' enuasachadh orra air bhur n-athais féin, los bhur buadhan a chleachdadh a chum eadar-dhealachadh a chur eadar maith agus ole, ach freagraidh mi fhéin a' cheist mu dheireadh bho'n a tha i furasda. Na'n labhradh a h-uile duine air thalamh an fhàrrinn bhiodh rioghachd Dhe air teachd, is bhiodh gàirdeachas an làthair aingle Dhe air nèamh.

## Anns a'

BHO chionn beagan sheachduinean sgrìobh duine-eigin thugam nach do chuir ainm ris an litir, ag iarraidh orm luchd-leughaidh nan duilleagan Gàidhlig a chur 'n an earallas air an teagast a tha air a thoirt seachad leis na daoine ris an abrar *Oxford Groups*. Bha an litir gu maith fada, is leudaich e air na mearachdan a tha iad a' teagast agus air na

## Chathair

dòighean a tha aca nach 'eil a réir nan Sgriobturan. Thubhairt e nach 'eil iad a' teagast idir gu bheil eifeachd-saoraidh ann am bàs Criosd, agus gu bheil iad an'dùil gu'n téid aca air iad féin iompachadh le bhi smachdachadh an toile agus le bhi dluth leamhluinn ann an ceumanna Chriosd. Sin agus móran eile nach ruig mi a leas a chur sios air an

dUILLEIG SO, THUBHAIRT E UMPA, A' FAOTAINN COIRE DHAIBH, AGUS AG IARRAIDH ORM MO GLUTH A THOGAIL 'N AN AGHAIDH.

CHA TOG MISE MO GHUTH 'N AN AGHAIDH, NO AN AGHAIDH DUINE NO DAOINE EILE A THA AG IARRAIDH AN TIGHEARN AGUS AG AORADH DHA, CIOD AIR BITH DÒIGH ANNS A BHEIL IAD 'G A DHÉANAMH, NO CIOD AIR BITH BEACHDAN A THA ACA. CHAN URRAINN MI A RÀDH GU BHEIL MI MION-EÒLACH AIR TEAGASG NO AIR DÒIGHEAN *Buidhnean Oxford*; CHAN AITHNE DHOMH UMPA ACH NA 'S AITHNE DO'N H-UILE DUINE A BHIOS A' LEUGHADH NAM PAIPEARAN-NAIDHEADH, NO NAN LEABHRAICHEAN A BHIOS IAD FÉIN A' CUR A MACH. ACH BU MHAITH LEAM FIANUIS A B' FHÈARR NA FACAL AN DUINE UD M' AN DÌTENN BRÀITHREAN AIR BITH, OIR BHA E SOILLEIR O'N LITIR AIGE GUR ANN DO'N EAGLAIS CHRUAIDH A BHUINEAS E AGUS NACH LEIGEADH E CAORA A STEACH DO'N CHRÒ MUR ROBH AN CIL AIGE FHÉIN OIRRE.

CHA TOIGH LEAM AN SEÒRSA INNTIINN SIN IDIR OIR THA MI AN DÙIL GU BHEIL I CALG DHÌREACH AN AGHAIDH INNTIINN CRIOSD. CHA ROBH LAGHAIR-EACHD ANNSAN; CHA B' ANN AIR FACAIL NO AIR BEACHDAN A BHA E A' CUR CUDTHROM ACH AIR DÙRACHD CHEART AGUS IONRACAS; BU CHOMA LEIS' CO DHIU A THEIREADH A DHEISCIOBUL SIBOLET NO SHIBOLET, IS THA MI CINNTEACH NACH DIÙLTADH E COMH-OIBREACHADH LE DAOINE AIG A BHEIL ÙIGH ANN AN RIOGHACHD DHE AGUS ANNS A' BHEATHA DHIADHAIDH EADHON GED BHIODH BEACHDAN CEÀRR NO LEANABAIL AEA.

### Slat-thomhais cheàrr

THA SINN UILE RO DHEAS GU BHI A' CUR TUILLEADH 'S A CHÒIR DE CHUDTHROM AIR NA *beachdan* A THA AIG DUINE, AGUS GU BHI A' SAOILSINN NACH URRAINN E A BHI 'N A DHUINE MAITH MUR BHEIL NA BEACHDAN UD NO NA BEACHDAN UD EILE AIGE. ACH CHAN 'EIL AN SIN ACH A BHI TOMHAS DHAOINE LE SLAT-THOMHAIS CHEÀRR. THA "BEACHDAN" COLTACH RI BIADH; AM BIADH A FHREAGRAS AIR AN DARA DUINE CHA FHREAGAIR E AIR AN DUINE EILE. THA E GLEIC DHUINN UILE AN SEÒRSA BÌDH A FHREAGRAS OIRNN A GHABHAIL CO DHIU A CHÒRDAS E RI DAOINE EILE NO NACH CÒRD; IS E DEARBHDH A' BHIDH GU BHEIL E A' DEANAMH FEUM DHUINN. SIN MAR THA "BEACHDAN"; MA THA NA BEACHDAN A THA AIG DUINE MU DHA AGUS MU'N BHEATHA SPIORADAIL A' DEANAMH FEUM D'A ANAM THA IAD FIOR DHASAN GED NACH BIODH IAD FIOR DO DHAOINE EILE. THA MILE TOBAR ANNS AN T-SAOGHAL AS AM FAOD MAC AN DUINE UISGE A THARRUING A SHÀHSUÍNEAS A THARTH, AGUS MILE FLÙR ANNS AM FAIGH E MIL D'A ANAM, A THUIILLEADH AIR NA BUAGHLAIN-BHUIDHE. COMA LEAM, MATA, A BHI DITEADH DHAOINE A CHIONN NACH 'EIL NA H-AON BHEACHDAN ACA A THA AGAM FÉIN. MA THA IADSAN AGUS MISE AG IARRAIDH AN TIGHEARN GU DÙRACHDACH, NO MA THA GAOL AGAINN AIR NA NITHEAN A THA URRAMACH IS FIOR-GHLAN, THA SINN AG IMEACHD AIR

AN AON RATHAD, CIOD AIR BITH NA "BEACHDAN" A THA AGAINN, NO CIOD AIR BITH BUIDHEANN A THA SINN A' LEANTUINN, NO BAILE A THA SINN AG AIDEACHADH MAR BHAILE AR DÙCHAINS, AN RÒIMH, NO GENEVA, NO CANTERBURY, NO OXFORD.

### An searmonachadh ceart

MAR A THUBHAIRT MI CHEANA CHAN 'EIL MISC MION-EÒLACH AIR NA DÒIGHEAN NO AIR AN TEAGASG A THA AIG *Bràithrean Oxford*, ACH CHO FAD 'S A THA MI A' TUIGSIMM A' GHNOTHUIUCH, CHAN 'EIL IAD ACH A' TOIRT AIR AIS ANN AM BEATHA NA H-EAGLAIS SEANN NITHEAN AIR AN DO RINN SINNE DEARMAD. GED THA DÒIGHEAN ÌRA ACA CHAN 'EIL A' BHEAG DE THEAGASG ÌR ACA, IS CHAN 'EIL IAD AG AIDEACHADH MAIGHSTIR EILE ACH CRIOSD. ACH THA IAD A' CREIDSINN GU BHEIL E COMASACH DO DHAOINE A' BHEATHA NAOMH AGUS MHaiseach A CHUNNACAS ANN AN CRIOSD A LEANTUINN, MA GHABHAR AN DÒIGH OIRRE A THA IADSAN A' GABHAIL.

CHAN ANN A DH' INNSEADH MU NA DÒIGHEAN SIN A THUG MI TARRUING AIR *Buidhnean Oxford* AN DRÀSD, ACH THA AON DÒIGH ACA A BU MHAITH LEAM AIMMEACHADH, A CHIONN GU BHEIL MI A' CREIDSINN LE M' UILE CHRIDHE GU'M BIODH E BUANNACHDAIL DO'N EAGLAIS NA'N LEANADH MINISTEARAN I. IS E SIN, AM FIANUIS AGUS AM FIOS-RACHADH FÉIN A THOIRT SEACHAD ANNS A' CHÙBAIDH AN ÀITE A BHI DEASBUID AGUS A' TEANGAIREACHD GUN SGUR MU NITHEAN EILE NACH 'EIL NA'S DLUITHE DO CHRIDHE NA DIADHAIDHEADH NA MUILLEAN MILE. CIOD AM FEUM A THA ANN DO MHINISTEAR A BHI SEARMONACHADH SABAID AN DÉIDH SABAID MU THUITEAM A' CHINNEADH-DAONNA, NO MU'N BHÀRDACHD A THA ANNS NA SAILM, NO MU HEROD NO CAIAPHAS, NO MU CHOR NAN RIOGHACHDAN, NO EADHON A BHI DEANAMH DEASBOIREACHD THIORAM NACH 'EIL FURASDA A' TUIGSIMM MU CHÙMHANT NAN GRÀS, MUR AITHRIS E UAIR AIR BITH NA RINN CRIOSD AIR SON ANAMA?

THA AN SLUAGH A' FAS SEACHD SGÌTH DE 'N T-SEÒRSA SEARMONACHAIDH A THA IAD A' CLUINNTIINN ANN AN CÚBAIDEAN NA H-ALBA AN DIUGH; THA IAD AG IARRAIDH SEOLAIDH ANNS A' BHEATHA DHIA-DHAIDH, ACH AN ÀITE SEOLAIDH A THOIRT DHAIBH, NO FIANUIS PHEARSONTA MU NA RIAGHAILTEAN LEIS A BHEIL SINN A' CUMAIL SUAS AR CO-CHOMUINN FÉIN RI DIA, CHA TOIREAR DHAIBH ACH ÒRAIDEAN TIORMAN MU EAGLAISEAN NA H-ASIA, NO MU'N DÀIMH A THA EADAR AN CREIDEAMH CRIOSDUIDH AGUS SCIENCE, NO MU'N DÒIGH ANNS NACH DO CHOIMHEADH AN T-IOMPaire DOMITIAN AN T-SÀBAID.

THA AN SLUAGH A' FAS SGÌTH DHETH SIN. IS BEAG ACA DOMITIAN, NO MUINTIR GHALATIA, NO EAGLAISEAN NA H-ASIA, NO CREIDEAMH IS CLEACHDANNA NAN IUDHACH; CHA RACHADH IAD FAD AN EOISE A CHLUINNTIINN UMPA. ACH THA IARRAIDH ACA 'N AN CRIDHE AIR CUMHACHD AIR CHOR-EIGIN A CHUIDICHEAS LEÒ RUIGHINN AIR A' BHEATHA BHUADHMHOIR AGUS NAOMH AIR AN D' FHUAIR IAD PLATHADH ANN AN IOSA CRIOSD, AGUS

tha iad a' feitheamh ri neach a bheireas air làimh orra agus a dh' innseas dhaibh gu simplidh agus gu soilleir ciamar a gheibh iad an ni a tha iad ag iarraidh.

Sin, mata, an dearbh rud a tha *Buidhean Oxford* a' deanamh; tha iad a' breith air làimh air daoine ann an spiorad a bhràithreachais; ag innseadh dhaibh gu saor ciamar a bha iad fèin air an saoradh o'n pheacadh ud agus o'n pheacadh ud eile, agus le am fianuis agus an eisempletair a' dùsgadh creidimh annnta gu'n téid aca-san air a' cheart bhuaidh fhaotainn ma leanas iad na riaghailtean a thatar a' toirt dhaibh. Tha àireamh mhór dhaoine anns an dùthaich so nach do thòisich riamh air an oighreachd a tha aca ann an Criosd a shealbhachadh gus an tāinig iad fo bhuaidh an teagaisg so; daoine a tha nis 'n an coinnleann anns an dorchadas do luchd-turuis eile.

Mar sin cha tog mise mo ghuth gu bràth an aghaidh dhaoine a tha feuchainn ri cùram annama a dhùsgadh ann an daoine eile, ciod air bith na beachdan a dh' fhaodas a bhi aca. B' fheàrr leam gu robh dhà no trì dhiubh ann am choimhlثional fèin gus beatha a chur anns na cnàmhan tioram.

### An criathar cothromach

Ma tha beachdan ceàr aca criathraighe Tim iad, is dealaichaidh Tim an cruitneachd o'n mholl, ach is e an t-aobhar gu'n do shoirbhich Dia leò, mar tha e gum teagamh a' deanamh, gu bheil an teagasg air aideachadh agus air a sheulachadh leis an Spiorad Naomh.

Nach fior agus nach sgriobtural an teagasg, nach 'eil dad a' cumail dhaoine bho chocomunn dlùth a bhi aca ri Dia, agus bho aoibhneas spioradail, ach am peacaidhean fèin? Agus nach fior agus nach sgriobtural an teagasg, nach 'eil feum ann do dhuine dùil a bhi aige gu'm faigh e an neart agus an t-aoibhneas agus an t-saorsa spioradail a bhà aig Criosd ann an tomhais cho paitl gus an cuir e an tuagh ri bun a pheacadhean, agus an geàrr e dheth a làmh no ball air bith eile a tha a' toirt air tuisleachadh? Agus nach fior agus nach sgriobtural an teagasg, gur e so na cumhachan air an ruig sinn air an t-seòrsa beatha a bhi annainn fèin a bha ann an Criosd, a bhi cho glànn 'n ar eridhe ris an òr, a bhi cho fogailte onorach 'n ar eridhe ri solus na gréine, an Fhéin a bhi marbh annainn gu buileach agus Gràdh a bhi beò annainn mar theine? Chan 'eil agad ach na cumhachan sin ainmeachadh ann an eisdeachd neach air bith, agus mur cealgair e no mur bheil e 'g a mhealladh fèin, aidichidh e, "Cò a tha foghainteach air son na nithe so?" Chan 'eil duine air an t-saorghal foghainteach air an son 'n a neart no 'n a ghliocas fèin, ach buidheachas do Dha gu bheil e a'

toirt dhuinn na buadha tre Iosa Criosd ar Tighearna.

### Dà aobhar-oilbheim

Theagamh gur e an dà phuing as mò a tha cur an t-saoghal 'n an aghaidh (1) gu bheil iad ag iarraidh air daoine an uile pheacadhean, diomhair is follaiseach, innseadh agus aideachadh gu saor do bhràthair air chor-eigin no ann an co-chomunn nam bràithrean, agus (2) gu bheil iad ag iarraidh seòlaidh o'n Spiorad Naomh ann an cùisean anns am faodadh iad an tür nàdurra a chleachdad. Ach anns an dà cheum so tha Bràithrean Oxford cho sgrìobtural 's a tha iad ann am puingean eile.

Tha e duilich do dhunie a pheacadhean uile aideachadh am fianuis a bhràithrean, agus a lomnochd a nochdadh dhaibh; is theagamh gu bheil cunnartan spioradail 'n a lorg nach 'eil cuid de na bràithrean a' saoilsinn, a thuileadh air cunnartan eile a dh' fhaodas cròn a dheanamh ann an teaghlachean, ach air a shon sin tha an cleachdad so ceart ann fèin agus buannachadail anns a' bheatha spioradail. Ach tha e ag iarraidh gliocais agus gràdh agus ionracas anns an fheadhainn a dh' aidiceas agus anns an fheadhainn a dh' eisdeas. "Ma ghlacar neach ann am peacadh air bith, sibhse a tha spioradail thugaibh air ais a shamhul sin de dhuine ann an spiorad na macantachd."

Tha Facial an Tighearn ag innseadh dhuinn gu bheil Dia a' toirt comhairle d'a shluagh, agus gu'n treòraich e na daoine ciùin ann am breitheanas. Thubhairt ar Slànuighear r'a dheisciobul gun ro-chùram a bhi orra cionnus no ciod a labhradh iad, an uair a bhiodh iad ann an teamntachd air a sgàth-san, "oir bheirear dhuibh anns an nair sin fèin an ni a labhras sibh." Car son, ma ta, nach biodh dùil againn ri trèorachadh an Spioraid Naoimh anns a h-uile ceum d' ar beatha? Cò is urrainn a rádh c' àite a bheil solus ar tuigse fèin a' stad agus obair an Spioraid Naoimh a' tòiseachadh? Nach ann o Dha a tha iad le chéile? Duine air bith a bhios ag ùrnuiugh gun sgur, agus a bhios a' meomhrachadh air Facial an Tighearn gun sgur, gu h-iriosal agus gu treibh-dhireach, faodaidh an duine sin earbsa làidir a bhi aige gu'n treòraich Dia a cheumann agus gu'm foillsich e dha a riuntean. "Tha rùn an Tighearn aig an dream d' an eagal e."

### An àite na coinnimh-ùrnuiugh

Tha dà smuain a bhios daonnan 'n am inntinn an uair a chluinneas mi *Buidhean Oxford* air an ainmeachadh; (1) gu bheil am bràithreachas ùr so a' gabhail àite na coinnimh-ùrnuiugh ann am beatha chreidmheach, agus (2) gu bheil an teagasg aca a' gabhail àite an teagaisg a bhiodh soisgeulaichean mar

bha Moody agus Sankey a' toirt d' ar n-aithrich-ean, ach ris nach gabhadh a' ghineal iùr an diugh.

Tha a' choinneamh-ùrnuigh air dol as an Albainn, ach dh' fhàg sin àite falamh ann am beatha na h-eaglais a dh' fheumar a lionadh le rudeigin eile, oir tha bràithreachas agus co-chomunn chreidhmheach eile cho feumail do Chriosduidhean ri ùrnuigh agus briseadh arain. " Labhair iadsan air an robh eagal an Tighearna, gach aon gu tric ri chéile." Anns a h-uile coimhthional gheibhear buidheann beag de dhaoine anns a bheil spiorad-

alachd os cionn chàich. Sin am buidheann a b' àbhaist a bhi a' coinneachadh ri chéile anns a' choinneamh-ùrnuigh, a' comh-phàirteachadh ri chéile an aidmheil, am buairidhean, am fianuis, am fèin-fhiosrachadh, agus an ùrnuigh-ean, ach chaill iad a' choinneamh-ùrnuigh is chan aithne dhomh ciod eile a tha aig an eaglais ri thairg-sinn dhaibh. Is bochd am bràithreachas a gheibhear ann am Badminton, no ann am ping-pong, an coimeas ri co-chomunn bhràithrean anns a' choinneamh-ùrnuigh. Mar a sheargas a' choinneamh-ùrnuigh cinnidh *Buidhean Oxford.*

## Anns a' Choille Bheithe

**C**HAN 'EIL uair a chluinneas no leughas mi na briathran, " *Esan a shaoileas gu bheil e 'n a sheasamh, thugadh e an aire nach tuit e*" (1 Corint. x. 12), nach cuimhnich mi air Cairistiona Chaimbeul, seana mhaighdean a bha riaghlaodh a h-uile duine a bhuiñeadh dhi ann an Cille-sgumain fad dà fhichead bliadhna, gun chead, gun chóir, gun uighdarras, ach a mhàin an cead agus an t-uighdarras a bheir guth agus toil làdir do bhoirinnach a tha gu nàdurra smachdail.

B'e Cairistiona an t-aon a bu shine ann an teaghlaich a h-athar, agus a thaobh 's gu robh a màthair 'n a boirionnach ciùin méineil nach robh anabarrach làdir no forsail a chur air aghaidh obair an t-saoghal ghabh Cairistiona command gu maith tràth, is thàinig farum 'n a guth nach cluinn thu ach ann an guth sgiobairean no mhaigstirean-sgoile.

Bha triùir bhràithrean aice agus triùir pheathraichean; aon as déidh aoin sgaoil an teaghlaich an sgiathan is chaidh iad air cheann gnothuich dhaibh féin gus mu dheireadh nach robh air fhàgail anns an t-seann dachaidh ach Cairistiona, an nighean a bu shine, agus Iain, am mac a b'oige. Shiubhail na seann daoine; bha a bràithrean agus a peathraichean uile pòsda, agus tighean agus teaghlaichean aca dhaibh féin ann an Glaschu. An sin ghabh Iain 'n a cheann gu'm pòsadh e ban-mhaighstir-sgoile á Dun-éideann a bhiodh a' tighinn do Chillesgumain anns an t-samhradh, ach ma ghabh esan sin 'n a cheann, cha tainig eadhon an smuain an ceann a pheatar gu'm bu chòir dhi an tigh a nis fhàgail agus leigeil le bean Iain an stiùir a ghabhail.

Cha bhiodh e ceart a ràdh gu'n do shuidh i far an robh i, oir 's e *suidhe* an rud mu dheir-eadh a bu mhaith le Cairistiona Chaimbeul a dheanamh; bha i air a casan fad fìnn foinn-each an là, ag obair i féin agus a' cumail dhaoine eile ag obair cuideachd. Ach lean i oirre mar nach biadh atharrachadh air bith anns an tigh seach mar bha e an uair a bha

i féin agus Iain leò féin, a' riaghlaodh agus a sgioinaireachd mar a b' àbhaist, agus a' cur sios air a' ghineil òig.

### Boirionnach Glic

Gu fortanach bha bean Iain 'n a boirionnach glic; chan e mhàin gu robh tobar tuigse 'n a h-inntinn ach bha tobar àbhacais innte cuideachd, agus eadar sin agus gu'n robh cridhe blàth agus uasal aice gu nàdurra, thug i Cairistiona na b' fheàrr na b' aithne do Cairistiona i féin, bho 'n cheud là a chaidh iad còmhla. An àite e bhi 'g a bioradh gu robh roinn d'a h-uighdarras mar bhean-an-tighe an làimh agus an teangaidh Cairistiona cha robh eud no ràiteachas eatorra riamh, oir bha fhios aice gu maith nach robh neach air an t-saoghal a bu dilse dhi na a piuthar-chéile. Bha fhios aice nach b' ann air ghaol ise a ghoirteachadh no chumail 'n a h-àite a bhiodh Cairistiona a' toirt òrdain do'n h-uile duine eadar an citsin agus an seòmar, eadar an sabhal agus a' bhàthach, eadar am fang agus an iodhlann, fad an latha, ach a chionn gu'm b'e sin a dòigh agus a nàdur. Cha robh dad's an t-sealladh aig Cairistiona ach gu'n saoradh i bean Iain o obair shalach agus o dluragh, agus gu'n dionadh i Iain féin o sheirbhisich leasga. "Gu dé a dheanadh an tigh no am baile so," bhiodh i ag ràdh, air uairean gu beag rithe féin, agus air uairean eile ann an guth sgail-eanta a bheireadh air a' bhalach-bhuachaille leum as a shuidhe agus an cigarette a thilgeadh bhuaith, " mur bithinn-sa air 'ur sail gun sgur."

### Teanga Gheur

Cha robh duine a bhiodh a' tadhall aig tigh Iain nach d' fhuair, uair no uaireigin, ruith na teangadh aig Cairistiona; am bùidsear, fear-a-ghual, gille-nam-briosgaidean, treabhalaир Chooper, is feadhainn de'n t-seòrsa sin—bha i cinnteach nach robh anna air fad ach slàighdearan a bha feuchainn ri Iain a chreachadh. Air uairean gheibheadh Iain féin sgràilleadh

d'a teangaidh oir bha i an dùil nach robh ann ach am pàisde an coimeas rithe féin anns gach ni a bhuiineadh do mhalairet agus do chur air aghaidh an t-saoghal. Ach cha dubhaint i riabhach facal ceàrr ri bean Iain, no mu bhean Iain, agus na'n deanadh neach eile uiread agus droch shùl a thoirt oirre bu cho maith dha aghaidh a thoirt air cat-fiadhaidh ri aghaidh a thoirt air Cairistiona. Bha de mheas aice air bean Iain's nach bu mhaith leatha leigil leatha dad a dheanamh de'n teangaireachd no de'n trod a bhiodh i féin a deanamh. Bha i làn chinnteach nach gabhadh obair an t-saoghal a chur air a h-aghaidh gun duine air chor eigin a bhi trod, agus b' fheàrr leatha i féin a bhi trod seach bean Iain.

Ged bhiodh i'g an smàdadadh le teangaidh agus a' toirt òrdain dhaibh gun sgur, bha i anabarrach gaolach air a cuideachd féin agus anabarrach coibhneil riù, gu sònruiichte ri clann a bràithrean agus a peathraichean a bha fuireach ann an Glaschu. A h-uile samhradh bhiodh feachd dhiubh a' tighinn do thigh Iain aig an Fhaidhir; bhiodh uiread dhiubh ann's gu'm biodh na balaich air an cur do'n t-sabhal a chadal. Ged bhiodh fadachd air Cairistiona gus an tigeadh an Fhaidhir, agus ged bha i cho gaolach cùramach mu'n chloinn ri ceare-thomain m'a h-àl, bhiodh i ag ràdh riù féin agus ri am párantan "nach robh annta ach sgealban de Shatan, agus mur biodh ise air an sàil, gu'n cuireadh iad an sabhal air theine, no gu'm bàthadh iad iad féin, no nach biodh coileach aice gun a chas air a briseadh, no cat gun an t-sùil air a cur as."

### Gaoth Làdir

An uair a rachadh Caristiona gu trod ris a' chloinn cha deanadh Iain agus a bhean agus càch ach sealntuinn air a chéile le snodha gàire, agus aontachadh leatha gu tòrsach nach robh annta ach droch ghàrlaich agus flor sgealban de Shatan, agus gu'm bu mhaith an gnothuch na'n seachnadh iad a' chroich. Ann am mionaid dh' atharraicheadh a' ghaoth làdir a' o'n iar-thuath gu gaoth a bu làdire o'n eardheas, is theireadh i riù gu'm bu ghlice a' chlann na iad féin "nach robh a leanaban gaolach a' deanamh dad ceàrr, agus gu'm bu bhochd an gnothuch mur faigheadh clann a bha air an glasadhar mar phriosanaich ann an Glaschu granndar fad na bliadhna beagan saorsa aon seachduin air an dùthach." Ri h-aghaidh theireadh a' chlann Auntie ri Cairistiona ach air a cùlaibh 'n am measg féin is e H. T. a bhiodh aca oirre, litrichean a bha a' ciallachadh *Holy Terror*.

\* \* \* \* \*

ghabhail do Glaschu a dh' fhuireach greis leò mu seach. Ach cha ghealladh i dhaibh dol ann. Ged nach robh i riabhach ann an Glaschu cha robh aice air muimntir Glaschu ach barail bhochd, is bhiodh i ag ràdh nach rachadh duine air bith do Glaschu na'm faodadh e a sheachnadh. Ach leum e 'n a ceann aon deir-eadh earraich a bha an Rìgh a' tighinn do Glaschu gu'n rachadh i a dh' fhaicinn a cuid-eachd agus theagamh gu'n faiceadh i an Rìgh. Eadhon 'n a siubhal cha robh Cairistiona Chaimbeul coltach ri daoine eile; chuir i roimhpe gu'n tigeadh i air a càrdean gun fhios daibh, is chuir i bòidean air Iain agus air a' mhaoi nach sgriobhadh iad chuca agus nach innseadh iad gu robh i dol a mach. "Cha phàisde mise," ars' ise, "nach deanainn mo rathad féin."

### An turus tubaisteach

Dh' fhalbh i agus baga 'n a làimh, agus anns an làimh eile pasgan mór anns an robh ceithir coilich air an suaineadh ann am paipear. Bha a' bhoineid a b' fheàrr a bha aice air a ceann; cha tiochadh i anns a' bhaga, is bha i suidhichte gu'n rachadh i a dh' eaglais Chaluim-cille air an t-Sabaid a dh' éisdeachd an Urramaich Alasdair Mac Dhòmhnuill, M.A., air am biodh i a' cluinnint na cloinne a' bruidhinn.

An uair a ràinig i Glaschu 's a dh' fhàg i an carbad-iaruinn aig Sraid Bhochanan sheas i greis bheag aig a' gheata, a' sealntuinn air na daoine a bha dol seachad feuch am ficeadh i duine air an robh coltas onorach a dh' innseadh dhi an rathad gu Ibrox. Chaidh na ficeadan agus na ceudan seachad oirre, gun i dh' fhaicinn comharran an ionracais air gnùis gin dhiubh, ach anns an iom-chomhairle sin féin thàinig duine air an robh coltas fir-oibre far an robh i; bhean i ri aid, is dh' fhaighnich e gu siobhalta an robh dad ceàrr oirre, no am faodadh esan cuideachadh leatha.

"Tha mi," ars' ise, "a' dol gu tigh mo bhràthar ann an Ibrox, Seumas Caimbeul, aig a bheil bùth bhrògan, is bhithinn 'n ad chomain na'n innseadh tu an rathad dhomh, no ciod an càr a bheir ann mi."

Rinn an duine glag mór gàire, "Seumas Caimbeul," ars' esan, "an cuala mi riabh a leithid; nach beag an saoghal ged is lionmhor na daoine; is e Seumas Caimbeul caraid cho gaolach 's a tha agam-sa air an t-saoghal." An sin thog e a chas, "A bheil sibh a' faicinn na bròige sin? sin agaibh paidhir bhròg a cheannach mi anns a' bhuth aige Di-sathuирn so chaidh." Cha bu mhiosa barail Cairistiona air an duine an uair a thaig e dol leatha gu tigh Sheumais. Thug e bhuaipe am baga agus am pasgan anns an robh na coilich, ag ràdh rithe "nach cuireadh e dheth an näire gu

Bhiodh a bràithrean agus a peathraichean ag irraidiad oirre a h-uile bliadhna sgriob a

bràth na'n leigeadh e le piuthar Sheumais Chaimbeil baga no pasgan trom a ghiùlan agus comas a ghàirdeanach aige-san."

### Nathair lùbach

Mar a thubhairt mi cheana, bha fior dhroch bharail aig Cairistiona air muinntir Għlaschu, ach bha an duine ud cho coibhneil agus chó tugaideach 'n a sheanchas 's gu'n do thòisich i air a beachd atharrachadh. An uair a bha iad a' dol seachad air clobhsa sònruichte ann an té de na sràidean air an rathad gu Ibrox, thubhairt e rithe, "Deanaibh stad beag aig beul a' chlobhsa so gus an ruith mi agus an innis mi do m' mhnaoi gun a bhi feitheamh riun aig uair na tea, a chionn gu bheil mi dol leibh gu tigh Sheumais Chaimbeil."

Sheas Cairistiona mar a dh' iarr an duine oirre; chaithd còig mionaidean seachad, deich mionaidean, ceathramh na h-uarach, leth-uair, ach cha do thill e. Bha i 'n a seasamh cho fada aig dorus a' chlobhsa, is coltas cho iomgaineach oirre, 's gu'n do thòisich an fheadhainn a bha dol a mach 's a steach ann air aire a ghabhal dhi agus air spleuchadh oirre. Thàinig e 'n a h-inntinn dol a steach do'n chlobhsa agus Ho, ro, gheallaidh, a thoirt air muinntir Għlaschu leis an umbrella a bha 'n a làimh, ach chuimhnich i air naidheachdan a chual i mu dhaoine a chunnacas a' dol a steach do chlobhsaichean dorcha an Glaschu nach tàinig riamh a mach asda, agus nach do thog ceann gu bràth tuilleadh. Bha amharus aig Cairistiona gu robh pies agus sabhsairean air a dheanamh dhiubb. Mar sin dh' fhan i far an robh i gus am faca i boirionnach a' tighinn a mach as a' chlobhsa air an robh boineid agus aodach Feachd na Sláinte. "So aon bhana-Chriosduidh co dhiu," thubhairt i rithe fein, "bruidhnidh mi rithe."

"Am faca thu," ars' ise, "anns a' chlobhsa sin duine agus baga aige anns an dara làimh agus bondal mór anns an làimh eile?"

"Chan fhaca," ars' am boirionnach, "ach

faodaidh e bhi ann air a shon sin; cha do rinn mise ach tighinn a steach air a' cheann eile de'n chlobhsa o chionn mionaid."

'Nuir a chuala Cairistiona gu robh ceann eile air a' chlobhsa thuig i gu maith gu'm faodadh i leigeil leis a' bhaga agus leis na coilich dol an taobh an deachaidh iad. Chomh-airlich am boirionnach dhi dol do'n Pholice Office agus coltas an duine a thoirt dhaibh. "Cha téid gu dearbh," arsa Cairistiona, "cha robh duine a bhuiineadh dhòmhsa ann am Police Office riamh, agus cha mhise a' cheud aon de mo dhaoine a théid ann; cha bu gheamh leam e air na coilich no air na bha anns a' bhaga gu'n cluinneadh muinntir Chille-sgumain ciod a dh' éirich dhomh, no gu'm faiceadh iad ann an Tìm an Obain gu robh Cairistiona Chaimbeul anns a' Pholice Office."

Ghabh i a leithid a dh' àrdan 's gu'n do thill i dhachaiddh leis a' cheud charbad-iaruinn a bheireadh air a h-ais i, gun Seumas no càch fhacinn. Dh' iarr i air a bhoirionnach mhaith dol leatha gu Sràid Bhocanean agus a cur ann an trèan a bheireadh do'n Oban i.

\* \* \* \* \*

An ath Shàbaid b' e an ceann-teagaisg a ghabh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., "Thugadh esan a shaoileas gu bheil e 'n a sheasamh an aire nach tuit e." Cha chual e uiread agus gu robh Cairistiona air falbh aon là o'n tigh, agus mar sin is ann gun fhios da a shaltair e air a còrs le brògan tacaideach. Ach cha bu mhisid a cuideachd, agus daoine eile ris an robh gnothuch aice, gu'n d' éirich an driod-fhortan ud dhi, oir cha robh i gu bràth tuilleadh cho trom no cho tàireil air "daoine gun sgoinn do nach aithne an gnothuch mur bi mise air an sàil." Ach chruadh-aich a cridhe na bu chruaidhe na bha e riamh an aghaidh muinntir nam bailtéan-móra, agus gu sònruichte an aghaidh muinntir Għlaschu, "ceàird agus meirlich, a' chuid mhór dhiubb," mar theireadh i.

## Aig an Uinneig

### Comh-chruinneachadh Spioradail

**B**U mhaith leam a chur an cuimhne luchd-Bleughaidh nan duilleagan so gu'm bi na coinneamhan spioradail a tha air an cumail o bhliadhna gu bliadhna ann an Srath-Pheofhair air an cumail am bliadhna eadar a' chòigeamh là fichead de September agus a' cheud là de October. Is e a' chrioch àraidh a thatar a cumail anns an t-sealladh aig na coinneamhan so, a bhi faotainn an tuilleadh èolais air Criod agus air an lànachd gràis

a tha ann do dhaoine a tha ag iarraidh soluis agus neirt.

### Coinneamhan na h-òigridh

Di-haoine (25mh September) aig ochd uairean 's an fheasgar.

Di-Sathuinn (26mh September) aig deich uairean, aig ceathramh an déidh aon uair deug, agus aig seachd uairean.

Là na Sàbaid (27mh September) aig trì uairean, agus aig leth uair an déidh seachd.

Bithidh na daoine so a' labhairt ris an òigridh—

An t-Ard Urramach Easbuig Taylor Smith, K.C.B., D.D.

An t-Urramach F. C. Gibson, M.A.

Caiptean R. Wallis.

Maighstir Seumas E. Duncan, M.A.

### Na Coinneamhan Móra

Di-luain (28mh September) coinneamh-ùrnuiugh aig tri uairean, agus coinneamh fheasgair aig ochd.

Di-màirt (29mh September), Di-ciadaoin (30mh September), Di-ardaoin, (1 October), coinneamh-ùrnuiugh a h-uile maduinn aig leth-uair an déidh seachd, agus coinneamhan eile aig aon uair deug, aig trì uairean, agus aig seachd.

Bithidh R. B. Stewart anns a' chathair, agus bithidh na daoine a' blios a' labhairt ris an òigridh a' labhairt aig na coinneamhan so cuideachd, a thuilleadh air an Urramach Alastair Stiùbhard, D.D., an Dùn-éideann. Tha e air iarraidh air sluagh an Tighearn a bhi ag ùrnuiugh gu'm bitheadh làthaireachd agus cumhachd an Spioraid Naoimh am measg na cuideachd a théid do Srath-Pheofhair.

*"Tha mi a lùbadh mo ghlùn do'n Athair, gu'n deònaicheadh e dhuibh, a réir saoibhreis a ghlòire, a bhi air 'ur neartachadh le cumhachd tre a Spiorad anns an duine an leth a stigh, ionnus gu'n gabh Criod còmhnuidh 'n 'ur cridheachan tre chreideamh; a chum, air dhuibh a bhi air 'ur freumhachadh agus air 'ur stéidheachadh ann an gràdh, gu'm bi sibh làn-chomasach maille ris na naoimh uile air a thugissin ciod e leud, agus fad, agus àird, agus dòimhne, agus air èolas a ghabhail air gràdh Chriod a chaidh thar gach uile èolais, a chum gu'm bi sibh air 'ur lionadh gu uile lànachd Dhe."*—Ephes. iii. 14-21.

### Am beadall

Thàinig ministear òg a shearmonachadh an eaglais Chille-Sgumain, a bha anabarrach mór as féin a chionn nach robh feum aige air paipear, no air cuideachadh eile de'n t-seòrsas sin. An uair a thug am beadall na leabhraichean air ais do thigh-an-t-Seisein, an déidh do'n choimhthional sgaoileadh, bha e air son gu'm faiceadh am beadall (seana Chalum Dòmhnullach) nach robh paipear aige. "Cha ruigeadh sibh a leas," ars' esan, "na leabhraichean a thoirt as a' chùbaid; nach robh fhios agaibh nach robh paipear agam?"

"O, bha," ars' am beadall, "bha fhios agam nach cuireadh duine air bith a leithid sud air paipear.

M' an robh an t-òrgan air a chur anns an eaglais b'e am beadall a bha air cheann na seinn; a thaobh 's nach robh e maith air seinn agus nach robh aige ach ceithir fuinn uile gu léir, Ballerma, agus Kilmarnock, agus French, agus Coleshill, bhiodh an coimhthional a' gearan gu cruaidh ris a' mhiniestar agus ag iarraidh air cuid-eigin eile a chur 'n a àite. Là àraidh thubhairt Niall Mac Phàrlain, B.D., ri Calum, "Air mo rathad do'n eaglais an dingh bha mi ag ràdh rium fhéin gu'm b' fheàrrd sinn fuinn ùra a chluinntinn ach cha bu mhaith leam gu'm biodh e 'n a dhragh dhuibhse töiseachadh air fuinn ùra ionnsachadh aig 'ur n-aois. Tha mi an dùil gu'n searmonaichinn fhéin na b' fheàrr na'n robh an t-seinn na b' fheàrr."

"O, dhuine ghaolaich," ars' am beadall, "sin a' cheart rud a bha'n am inntinn féin; bha mi ag ràdh rium féin anns a' mhàduinn gu'n seinninn féin agus an coimhthional mar na h-uiseagan na'n cuireadh sibhse smuais agus beatha anns an Fhacal." Bha Calum Dòmhnullach air fhàgail 'n a dhreuchd gus an do leig e dheth i le thoil féin.

### Fada no Goirid

Uair a bha ministear àraidh agus aon de na foirblich a' coiseachd dhachaидh còmhla as an eaglais, an déidh do'n mhiniestar searmónada fada a thoirt do'n choimhthional, thubhairt am foirbheach ris a' mhiniestar gu'n do ghleidh e an sluagh a stigh ro fhada.

"Ro fhada," ars' am ministear, "nach 'eil Facal an Tighearn ag iarraidh orm uile chomh-airle Dhe fhoillseachaidh dhaibh?"

"Tha," ars' am foirbheach, "ach cha ruig sibh a leas a dheanamh a dh' aon là. Tha dhà dheug is dà fhichead Sàbaid anns a' bhliadhna."

Tha na searmoin a chluinnean an diugh móran na's giorra na na searmoin ris an d' éisd ar n-aithrìchean ach tha e duilich a ràdh co dhuibh is fheàrr, searmoin fhada no searmoin ghoirid. Tha iomadh searmóna sgitheil ri éisdeachd ged nach b' fhaide e na deich mionaidean; tha searmoin eile ann de nach fasadh tu sgith ged leanadh an searmonaiche air uair an uaireadair. Chan ann a réir am fad a bhios daoine a' meas no a' tomhas searmónach a réir mar a dhùridheas na tha an searmonaiche ag ràdh air an inntinn agus air an anam. Faodaidh searmón goirid a bhi cho marbh ris na cnàmhan a tha anns an uaigh is faodaidh searmón fada a bhi cho beò ri Facal Dhe.



## Duine Glic (Bàrnabas)

*Mac na Comhfhurtachd*

*Duine maith*

*Làrn de chreideamh*

*Làrn de 'n Spiorad Naomh.*—AN TIOMNAKH NUADH.

CO ris a their thu duine glic? Tha sin duilich Ca ràdh ann am beagan fhacal, no air a shon sin dheth, ann am mòran fhacal. Ach co dhiu dh' abrainn duine glic ri duine air bith a chuireas na tälantan a thug Dia dha gu deagh bhuil, agus as am faodar earbsa a chur gu'n toir e breith chothromach air daoine agus air gnothuichean.

Bha Bàrnabas 'n a dhuine glic anns an t-seagh sin. Ged nach bu duine e aig an robh còig tälantan mar bha aig Pol, agus aig Eoin, agus aig Peadar, chuir e an dà thàlam a bha aige gu a leithid de bhuil 's gu'n do rinn e obair fhiachail ann an eaglais Chriosd anns a' cheud linn.

Tha mi an dùil nach 'eil ar gineal-ne a' tuig-sinn gu ceart an t-àite-seasainmh a bha aig Bàrnabas am measg a bhràithrean anns a' cheud linn. Tha sinn a' saoilsinn nach robh ann ach fear-cuideachaidh do dhaoine eile a b' fheàrr na e fein, agus nach do ghiùlain e ach beagan de chùram agus de uallach na h-eaglais an coimeas ri cuid eile de na h-aithrichéan. Ach is e an fhirinn nach robh gin idir de na Criosuidhean a bha beò anns an àm ud a b' fheàrr ceann no cridhe na Bàrnabas. Bha e maith an comhairle agus an gnòmh, agus gheibhearr comharradh no dhà anns an Tiomnadh Nuadh gu robh càch a leigeil an taic ris.

### Duine maith

Tha fhios aig an t-saoghal gu'm bu duine maith e, agus gu'n d' thug e a mhaoin uile do bhoichdan na h-eaglais, ach bha e cho glic 's a bha e maith is fialaidh, agus is e an smuain shònruchté air am bu mhaith leam beagan leudachaidh a dheanamh an dràsd, gu'n do rinn Bàrnabas le ghliocas agus le chomhairle seirbhis a b' fheàrr do'n eaglais na rinn e leis an tabhartas mhór a thug e dhi. Tha cunnatas againn anns an Tiomnadh Nuadh air cùis no dhà anns an robh comhairle Bhàrnabais ana-barrach fiachail, ach chan 'eil cunnatas air aon chuis anns an robh e ceàrr 'n a Bharail. Air uairean bha a bheachd agus a chomhairle calg-dhreach an aghaidh beachd agus comhairle bhràithrean eile a tha na's ainmeile na esan an diugh, ach dhearbh cùisean, an déidh làimhe, gu robh e ceart, agus gu robh e cho tuigseach ann an gnothuichean 's a bha e còir agus diadhaidh.

Tha cuimhne agaibh nach robh na bràithrean anns an eaglais air son gnothuch a ghabhail ri Pol an déidh dha bhi air iompachadh. Bha eagal aca roimhe, oir rinn e geur-leanmuinn orra, is cha robh iarraidh air bith aca air mar chompanach ann an obair an t-soisgeil. Ach ghabh Bàrnabas a thaobh. "An uair a thàinig Saul gu Ierusalem, dh' fheuch e ri e fein a cheangal ris na deisciobuil, ach bha eagal orra uile roimhe, agus cha do chreid iad gu'm bu deisciobul e; ach ghabh Bàrnabas d'a ionnsuidh e" (Gniomharan ix. 26).

Chunnaic Bàrnabas anns a' mhionaid nach bu chealgair Pol, is rinn e a bheatha anns an eaglais, ged nach robh na bràithrean eile ach gu maith gruamach ris. Tha daoine ann, agus ged nach do bhulich Dia buadhan móra no làdir orra fein, tha iad deas agus geur air buadhan làdir aithneachadh ann an daoine eile, agus toileach air cothrom a thoirt dhaibh am buadhan a chur gu feum. Sin an t-seirbhis a rinn Bàrnabas do Phol agus do'n eaglais; chuir e Pol air cheann an rathaid. Nach bu mhaith an obair-là e do dhuine air bith, seadh an obair-bheatha, leithid Phoil a thoirt am follais! Urram, ma ta, d' an dlighear urram. Tha e coltach gu robh earbsa aig a chompanaich ann an gliocas Bhàrnabais, oir ghabh iad a chomh-airle.

### Oibreachadh an Spioraid

Uair eile ghabh iad a chomhairle a thaobh an dùsgaiddh a bha am measg nan Cinneach an Antioch. Thàinig sgeul gu cluasan nan Criosuidhean Iudhach ann an Ierusalem gu robh dùsgadh mór ann an Antioch, agus gu robh móran de na cinnich a' tionndadh ris an Tigh-earna. Bha amharus aig cuid de na bràithrean nach e an Spiorad Naomh a bha ag oibreachadh idir, oir bha cumhannahd Iudhach 'n an cridheachan fhathast, ach chuir iad Bàrnabas gu Antioch, a rannsachadh a' ghnothuich. Thagh iad Bàrnabas air son a' ghnothuich a chionn gu robh earbsa aca 'n a ghliocas, agus gu'n tugadh e dhaibh breith chothromach. Theagamh nach robh dòighean no searmonachadh nan daoine a bha air cheann na h-obre ud ann an Antioch uile gu léir a réir intinn Bhàrnabais, ach cha do leig e leis a sin a shùilean, no choguis, no reuson, a dhalladh; chunnaic

e gu robh an Spiorad Naomh ag oibreachadh anns na coinneamhan ud, is rinn e gàirdeachas. Chan e a mhàin gu'n d' aidich e gur ann o Dhia a bha an obair a bha dol air aghaidh an Antioch, ach rinn e cabhag gu Tarsus a dh' iarraidh Shauil, agus air dha fhaotainn thug e leis e gu Antioch. "Agus tharladh, gu'n robh iad rè bliadhna ionlайн air an cruinneachadh maille ris an eaglais, agus gu'n do theagaisg iad sluagh mór." An uair a leughas tu na nithean sin mu Bhàrnabas, ciòd eile a their thu ach gu'm bu duine maith e, agus duine glic, duine a bha a' sealltainn as déidh cùisean na h-eaglais cho dileas agus cho sèolta ri commandair arm?

### Inntinn dha féin

Bha inntinn dha féin aig Bàrnabas. Cha b' urrainn eadhon Pol, ged bu làdir a thoil agus ged bu smachdail e, Bàrnabas a shuaineadh m'a chorragan, is sheas e 'n a aghaidh gu cruaidh an uair a bha Pol an aghaidh maitheanas a thoirt do Eòin Marcus. Bha Pol cintteach 'n a inntinn féin nach robh ann an Eòin ach an gealtair, agus nach bu duine e a sheasadh cruadal air sgàth Chriosd. Bha barail a b' fheàrr aig Bàrnabas air, agus a réir choslais, bha e ceart, oir rinn Eòin Marcus deagh obair anns an eaglais an déidh làimhe. Gus naidh-eachd ghoirid a dheanamh, chan 'eil aon ionmradh air Bàrnabas anns an Tiomadh Nuadh nach 'eil a chum a chliù; cha robh e riabhach earr 'n a bhàrail air na daoine ris an robh gnothuch aige is cha mhò a chuidich e le aobhar air bith nach b' fhiach a chuideachadh. Agus cha dona an comharradh sin air gliocas duine, gu'n téid aige air breith chothromach a thoirt air a chomh-chreutairean, agus gur h-aithne dha ciòd na nithean is còir dha a chuideachadh, no a sheachnadh.

\* \* \* \* \*

Ann an tabhartas mhór a thug Barnabas do'n eaglais nochd e a ghliocas cho maith ri fhialaidheachd. Cha b' ann air ghaol a bhi bochd e féin, no air ghaol a bhi 'n a Charnege am measg nam braithrean, a thug e seachad a mhaoine uile, ach a chionn gu'm bu léir dha na b' fhaide air thoiseach air na bu léir do chàch, agus gu'm faca e nach robh dòigh air òrdugh agus riaghailt a chumail anns an eaglais mur gabhadh a leithidean-san air an do bhuilich Dia an comas cùram do na creidmhich bhochda.

### Anns a'

**B**HO chionn ghoirid bha duine a tha 'n a sgoilear agus 'na dhìadhair ainmeil, an t-Ollamh W. R. Inge, a' bruidhinn mu ùrnuigh ann an dòigh a dh' fhaodadh misneach nan naomh a lagachadh. Cha mhaith an obair e

A thuilleadh air sin bha sudheachadh am measg nan Criosduidhean ann an Ierusalem air nach do smuainich na h-abstoil ann an àm. Air là na Caingis bha Ierusalem làn de choigrich as gach ceàrn, is tha e coltach gu robh na miltean dhiubh air an iompachadh. Bha e feumail gu'm fanadh na h-iompachain sin anns a' bhaile beagan sheachduinean co dhiu, chum a bhi air an teagasc ann an eòlas a' Chreidimh leis na h-abstoil. Na'n do leigeadh leò dol dhachaidh, agus dol a mach air feadh an t-saoghal mar fhianuisean Chriosd, gun a bhi air an teagasc an toiseach ann am firinnean an t-soisgeil, dh' fhaodadh iad tre eud gun eòlas cron mór a dheanamh do'n aobhar a bha iad a' cuideachadh. Tha mi an dùil gu robh so fa chomhair inntinn nan abstol agus cinn na h-eaglais 'n uair a cheadaich iad do'n t-slugh fantuinn ann an Ierusalem.

Ach ciamar a ghabhadh an sluagh mór ud cur romhpa? Dh' fhuasgail Barnabas a' cheist sin; chunnaic e an cunnart anns an robh an eaglais, agus le comhairle shuidhichte thug e dhi a mhaoine uile. Bha e air son eisempleir a thoirt do dheisciobuil bheartach eile, oir chunnaic e gu robh na làithean ud a' gairm air a shéorsa-san eaglais Chriosd a chuideachadh ann an dòigh nach b' urrainn na h-abstoil a dheanamh. Mar so, le ghliocas agus le chòiread chùm Bàrnabas agus an fheadhainn eile a bha de 'n aon inntinn ris long an t-soisgeil o thuiteam air na creagan m'an gann a dh' fhág i am port air a turus.

### Duine mór mór

Tha clù Bhàrnabais a' fàs agus a' fàs anns na làithean deireannach so; tha móran sgoilearan de'n bheachd nach robh pearsa-eaglais anns a' chead linn aig an robh inntinn a bu ghéire, no sealladh a b' fhaide, no gliocas a b' fharsuinge, na bha aig Bàrnabas. Bha buadhan inntinn agus eridh aige nach 'eil bitheanta air am faotainn còmhla; gliocas saoghalta, eud diadhaidh, agus làmh fhialaidh. A thuilleadh air sin bha e làn de chreideamh agus de'n Spiorad Naomh, is nochd e toradh a chreidimh ann an gniomharan còir agus uasal. Cha robh cealg, no farmad, no cumhannachd ann; eha b' e a ghlior féin a bha aige anns an t-sealladh ach maith na h-eaglais. Uile làithean a bheatha choimhlion Dia dha a ghealladh, gu'n treòraich e na daoine ciùin ann am breitheanas.

### Chathair

do phearsa-eaglais air bith a bhi toirt am misnich bho na creidmhich, no a bhi toirt orra fannachadh ann an ùrnuigh.

Bha e ag ràdh nach 'eil ann ach amaineas do dhaoine a bhi ag ùrnuigh air son uisge no

air son tiormachd, is dh' ainmich e seòrsachan eile ùrnughean nach freagair Dia. Thubhairt e nach robh e cinnteach co dliubb a bha éifeachd-leighis anns na h-ùrnughean a bhítear a' cur suas air son dhaoine tinne, agus nach robh buaidh air bith aig atchuingean nan naomh air a' phuinnsean a bha ann am feòil duine air an robh galair, no air an teas a bha 'na fluil. Thubhairt e móran eile air an aon chalpasin, agus chríochnaich e leis a' chomhairle so, "gu'm bu chòir dearbhadh no experiments a bhi air a dheanamh anns a' chùis so, a dh' fheuchainn an gabhadh figearan cinnteach faotainn a thaobh nan daoinne a fhuaire no nach d' fhuaire feabhas an eisiomail ùrnughean an càirdean."

Tha na facail sin, "dearbhadh," agus "experiments," agus "figearan," ag innseadh gu soilleir nach e inntinn diadhair a tha aig an Ollamh W. R. Inge idir ach inntinn fir-ealadhain no scientist, agus chan 'eil ni air an t-saoghal as cinniche na nach toir an seòrsa inntinn sin duine fada air aghaidh ann an eòlas air Dia, no ann am fiosrachadh spioradail. Ciod a tha ann an ùrnugach co-chomunn diomhair eadar an t-anam agus Dia, co-chomunn nach gabh a thomhas no dhearbhadh le figearan, mar a thoimhsear nithean faicsinneach leis an t-slat-thomhais no air a' mheidh?

Ach a mach bhuaith sin cha robh dad ùr anns na thubhairt an t-Ollamh W. R. Inge; bha e air a ràdh o chiomh mile bliadhna, is tha e air a ràdh anns a h-uile linn, is tha e air a ràdh anns an là so féin le miltean de dhaoine eile, ach a dh' aindéidin sin uile tha na naoimh agus na creidmhich a' leanntuinn orra, a' deanamh ùrnugach agus gun fhannachadh. Agus chan e mhàin gu bheil iad a' leanntuinn air ùrnugach a dheanamh ach tha iad a' toirt na fianuis so do'n t-saoghal, gu'n d' éisd an Tighearn, agus gu'n do shaor e iad as an teanntachdaibh.

Sin, ma ta, an fhreagairt cheart do'n duine a bhiost a' cur theagmhaidhiean a thaobh ùrnugach ann an inntinnean dhaoine eile, nach 'eil a bhriathran a' cur eagal air bith air na naoimh, agus gu bheil iad a' leanntuinn air ùrnugach.

\* \* \* \* \*

Chan 'eil mise a' dol a dheanamh deas-boireachd thioram mu'n chùis air an duilleig so, oir chan 'eil ann an deasboireachd ach ruagadh na gaoithe agus diomhanas, ach bu mhaith leam naidheachd bheag innseadh mu bhoirionnach ann an inbhe iosa, nach robh aon chuid glie no eagnaidh an sùilean dhaoine ach a bha 'n a boirionnach diadhaidh; naidheachd a dh' fhaodas labhairt ri cridheachan ar luchd-leughaidh na's fheàrr na dad a b' urrainn mise a ràdh.

Bha am boirionnach ud, Catriona Chaimbeul, a' fuireach leatha féin ann an tigh beag aig taobh an rathaid; gus an tobar as am bitheadh

i a' tarruiguisge a ruighinn, dh'fheumadh i dol thairis air an rathad-mhór, rathad-mór ann an Adholl a tha na's cumartaiche do sheann daoine na bha an Atlantic riamh do bhàtaichean. Là a bha i dol thairis air an rathad-mhór, agus cuinneag usige 'n a làimh thàinig carbad-ùilidh mu'n cuairt an oisein air an dearg chuthach, buailidh e i air a chruachan, is deanar coileach-dubh dhi.

Cha robh cuimhne no mothachadh aig Catriona Chaimbeul gus an do dhùisg i anns an ospidal am Baile-chloichridh, ochd làithean 'n a dhéidh sud. Eadar gu bheil an Dotair Mór maith leis an sgithinn agus anabarrach coibhneil ri seana bhoirionnach (agus ri clonn) thug e Catriona Chaimbeul o'n bhàs; an ceann àineachadh aice air suidhe suas anns an leabaidh agus seanchas a dheanamh ri neach air bith a rachadh 'g a faicinn.

### Cridhe ri cridhe

Bha i trì miosan anns an ospidal. Fad na h-ùine sin bha móran eile anns an t-seòmar còmhla rithe, a' tighinn 's a' falbh, cuid dhuiubh seachduin is euid dhuiubh na b' fhaide, ach b' fheàrr iad uile Catriona Chaimbeul a bhi 'n 'am measg. Ged nach robh i uair air bith gun phian bha i faidhidinneach is taingeil, is bhitheadh i ag innseadh dhaibh mu mhaiteas an Tighearna dhi uile làithean a beatha, agus ag innseadh dhaibh a liughad uair a fhreagair e a h-ùrnughean.

"Ma rinn e sin dhuiubh-se," arsa boirionnach òg a bha anns an ath leabaidh rithe, "cha do rinn e dhòmhsha e, rinn mise ùrnugach ionadh uair, ach cha do chùm sin an duine agam a mach as na tighean-òil."

Bha Catriona Chaimbeul 'na tosd mionaid no dhà, agus a h-uile te eile a bha anns an t-seòmar, oir bha fhios aca uile air an dol a mach a bha aig Somhairle Mac Coinnich, is bha truas aca ri mhnaoi.

"A Mhairéarad," arsa Catriona rithe, "an uair a rinn thusa ùrnugach gu'n cumadh Dia Somhairle a mach as an tigh-òil, an robh thu a' creidsinn gu'n deanadh e sin?"

"O," ars' ise, "ma chuireas sibh mar sin e, cha robh; cha robh mi a' creidsinn gu'n éisdeadh Dia rium, is cha mhò a tha mi 'g a chreidsinn a nis. Ach air a slòn sin dh' fhaodadh Dia Somhairle a chumail o'n uisge-bheatha na'n robh suim aige dhòmhsha agus do mo leanaban."

"O, bhrònag," arsa an té eile, na h-abair thusa nach 'eil suim aig Dia dhuit-sa agus do d' chloinn, oir tha an Leabhar Naomh ag innseadh dhuinn gu bheil eadhon fulteinean ar cinn uile air an àireamh leis, ach tha an Leabhar Naomh ag innseadh dhuinn cuideachd nach fhaigh neach air bith an rud a dh'iaras e ann an ùrnugach mur bheil e a' creidsinn gu'm faigh e e."

"A bheil sibh féin a' creidsinn," arsa Mairéad Nic Coimhich rithe, "gu'n toir Dia dhuibh a h-uile ni a dh' iarras sibh?"

"O, chan 'eil," fhreagair i, "cha bu mhaith dhòmhsha gu'n tugadh dhomh gach iarrtus diomhain is peacach a dh' éireas 'n am chridhe eadhom air mo ghlúinean; cha toir Dia sin dhomh na's mò na bheir thusa do d' chloinn gach ni a dh' iarras iad ort, ach air a shon sin, tha mi a' creidsinn le m' uile chridhe gu bheil Dia ag éisdeachd ri m' ùrnuighean agus 'g am freagairt 'n a dhòigh ghlic féin."

"Ma ta," arsa caileag dhubh á Bail-an-luig a bha ag éisdeachd ris an t-seanchas, agus i anns an ospidal le rud-eigin a bha céarr oirre eadar droch nàdur agus droch stamag, "chan 'eil mise a' creidsinn facal dheth siu; ma tha Dia ag éisdeachd ruibh, agus ma tha sibh ag ùrnuigh a h-uile maduinn gu'n gabhadh e ciram dhíbh car son nach do ghabh e cùram dhíbh a' mhàduinn a leag an carbad-ùilidh sibh agus a bhris e 'ur cnàmhan."

Thàinig na deòir ann an sùilean Catriona Chaimbeul, is dh' fhan i sàmhach greis bheag. "Ghabh an Tighearna cùram dhiom-sa, 's e ghabh; fad an earraich bha mi ag ùrnuigh ris air son aon ni sònruichte, ach ged bha mi ag ùrnuigh agus a' creidsinn gu'n éisdeadh e rium cha b' urrainn domh a thuigsinn cia mar a gheibheadh e Rathad air m' ùrnuigh a fhreagairt, ach tha mi 'g a thuigsinn a nis." An sin dh' aithris i na briathran so gu bèag rithe féin, 'g an leth sheinn.

*An dòighean diomhair gluaisidh Dia  
'Thoirt iongantais mu'n cuairt.*

### An dòighean diomhair

"Bho shiubhail an duine agam o chionn ficeadh bliadhna bha mi an dà chuid bochd agus aonaranach. Chan 'eil a' bheag de mo chuid-eachd beò; a' chuid dhiubh a tha beò tha iad fada bhuan. Ged nach robh mi riamh ro làidir thug Dia tomhas sláinte dhomh leis an deachaidh agam air mi fhéin a chumail gus an uiridh. Ach anns a' gheamhradh an uiridh dh' fhàs mi cho anfhan 's nach b' urrainn mi an nigheadaireachd agus na cuir bheaga eile a bhithinn a' deanamh a deanamh na b' fhaide. A thaobh 's nach robh mi aois a' phension cha robh romham ach Tigh-nam-Bochd, is thàinig Mgr Forrest uair agus uair 'g am fhaicinn a dh' fheuchainn an rachainn sios do Lagan-ràit. Ach b' fhéarr leam am bàs na dol ann, is bhithinn ag iarraidh air Dia e a deanamh rud air bith a thoilicheadh e rium ach mo chumail á Tigh-nam-Bochd. Sealladh sibhse, ma ta, mar a fhreagair Dia m' ùrnuigh; chuir e an carbad-ùilidh ud thugam mar a theachdaire, is tha mi a nis anns an àite bheannaithe so, far a bheil am matron agus na caileagan-altruim cho

coibhneil rium 's ged bu phiuthar mi do Mhac Cailein."

### Longantach n' a Ghliocas

Tha fhios agam gu maith gu'n abair daoine eagnaидh agus saoghalta nach robh ann ach leanabalachd no amaideas do Chatriona Chaimbeul a bhi creidsinn gu'n do bhris Dia a cnàmhan gus a h-ùrnuigh a fhreagairt, ach chan ann aig daoine eagnaيدh no saoghalta a tha rùndiomhair an Tighearna ach aig an dream d'an eagal e, an dream a tha creidsinn ann. B' fhéarr dhuit do chnàmhan a bhi air am briseadh seach do chridhe, ach nach iomadh duine a bhris Dia a chridhe gus a rùintean a choimhlionadh ann!

Anns a h-uile ni a bhuineas do'n diadhaidh-eachd agus do'n bheatha spioradail b' fhéarr leam a bhi air taobh leithidean Catriona Chaimbeul seach a bhi air taobh na feedhnach a chuireas criochan roimh Dha, no tomhas air an Uile-chumhachdach. Chan 'eil e furasda do'n inntinn nàdurra, gu sònruichte ma tha i air a' geurachadh le eòlas agus sgoilearachd, creidsinn ann an Dia nach gabh rannsachadh no tuiginn, a tha os cionn ar n-eòlais. Ach ciod a tha ann an Dia a ghabhas rannsachadh, no criochan a chur roimhe, ach iodhal a tha daoine a' deanamh dhaibh féin, iodhal a dh' fhaodas iad dol m'a thimchioll, agus a thomhas, agus a dhealbh a tharruing, agus a ràdh, "Thigibh agus faicibh Dia, agus tuigibh a laghanna, na laghanna leis a bheil e a' riaghlaidh an t-saoghal agus a' freagairt ùrnuighean dhaoine." Chan e sin Dia, no rud coltach ris; an Dia a tha do-rannsachte agus neo-aithnicte, agus a fhreagras le mòrbhilean bitheadh esan 'na Dia. Sin agad Dia a' Bhiochuill, Dia nam faidhean, Dia nan naomh, Dia nan creidmheach uile, an Dia a tha beò agus fior,—an Dia a tha deanamh mòrbhilean gun sgur, agus a' freagairt ùrnuighean a shluagh. An Dia a chuir sgolb ann am feòil Phòil, car son nach ceadaicheadh tu dha cnàmhan Catriona Chaimbeul a bhriseadh chum gu'n bitheadh oibre agus a riuntean féin air am foillseachadh inntre?

\* \* \* \* \*

Bho na dh' innis mi an uiread so dhuibh mu Chatriona Chaimbeul faodaidh mi an naidheachd a chriochnachadh. Cha deachaidh i do Thighnam-Bochd; chuir an Tighearn an cupan sin seachad oirre. Ann an tri mìosan shiubhail i. An t-seachduin mu dheireadh a bha i beò bha am matron ri taobh a leapa gun a fàgail, a' frithealadh dhi cho caomhail 's ged b'e a màthair a bha ann. Is luachmhor ann an sealladh an Tighearna bàs a naomh.

An uair a chunnaic am matron gu robh a' chrioch dlùth chaidh i air a glúinean ri taobh na leapa, rug i air làmh Catriona 'n a làimh féin,

ag ràdh rithe gu ciùin gaolach, "dh' éisd an Tighearn 'ur n-ùrnuiigh is tha e nis a' dol 'g 'ur toirt 'ga ionnsuldh féin." Dh' fhosgail an t-seana bhean a' sùilean, agus gun i' a' tuigsinn gu ceart ciod a bha am matron ag ràdh, ach an sin thuig i gu robh uair a saorsa air teachd is thàinig aoibh nam flaitheanas air a h-aodann,, is lean i air na briathran so a ràdh gu beag rithe féin, *Ghlaodh mi ris an Tighearn, agus dh' éisd e riùum, agus shaor e mi as mo theanntachaibh gu lèir.*

Shiubhail i an oidhche sin ; an uair a bhatar 'g a cur anns a' chiste-mhairbh b' e so na sailm a leugh am ministear os a cionn, an éisdeachd a' chòmhlaibh bhig a bha cruinn.

## Anns a' Choille Bheithe

**A**BHEIL fhios agad, a leughadair, car son a tha thu a' fàs sean ? Sin ceist a tha na's phasa a chur na fhuasgladh. Ma their gu bheil thu a' fàs sean a chionn gu bheil

*Tim mar shruthan cas  
Toirt leis gu bras gach neach.*

their na feallsanaich riut nach 'eil Tim a' deanamh dad de'n t-seòrsa ; nach 'eil ann ach beachd leanabail a bhi saoilsinn gu bheil Tim a' dol seachad ort mar a théid abhainn seachad ort. C' àite an deachaidh *an de* an uair a thàinig *an diugh* ? A bheil e ann an àite air bith anns a' chruthachadh ? Agus c' àite a bheil *am màireach* gus an ruig sinn e, no gus an ruig esan sinne ? An e *am màireach* a tha tighinn thugainne, no an e sinne a tha dol thuige-sàn ? A bheil *an de* agus *am màireach* ann ged rachadh tusa a' bith ?

Ma bu mhaith leat t' fhiacan a bhriseadh air na enothan sin chan 'eil agad ach leabhar a chuir m'fhear-cinnidh, Moderàtor na h-eaglais, a mach an uiridh a leughadh, leabhar m' am faodar a ràdh mar thubhairt Peadar mu sgrìobhaidhean Phoil, gu robh nithean anta a bha duilich a thuigsinn. Ged is aithne do'n Mhoderàtor sgrìobhadh gu cuimseach agus gu soilleir, agus ged tha a' chuid eile de'n leabhar réidh gu leòir, tha na nithean a tha e ag ràdh mu Thim cho dorcha ri dubh-fhacail Ghoill. Ach chan ann aige-san a tha a' choire ach aig Einstein, a rinn amladh air Tim agus air Space, mar gu'm faiceadh tu muc-mhara a' dol am measg lion-iarsgaich. Ma tha Tim mar tha Einstein agus am Moderàtor ag ràdh chan 'eil fhios aca c' àite a bheil iad ; no ciod an uair a' tha e ! Agus ciod a theireadh tu ri daoine aig nach 'eil fhios c' àite a bheil iad, no ciod an uair a tha e, no eo dhiubh a tha ann, an dé, no an diugh, no am màireach ?

Ach chan ann air an Tim mu'm bi na feallsanach a' deasbuid a tha mi dol a bhruidhinn an

Nighean an Rìgh gu dearbh a stigh,  
tha uile làn de ghliòir ;  
Tha culaidh-eudaich uimpe fös  
air oibreachadh le òr.

\* \* \* \* \*

Ghlaodh iad ri Dia 'n an teinn ; is shaor e iad o'n trioblaid ghéir ;  
Ghrad chuireadh leis an stoirm gu fèath  
'S na tuinn 'n an támh gu léir ;

An sin tha iad ro-ait, air son  
gu bheil iad sàmhach beò,  
'S gu'n d' thug e iad do'n chaladh sin  
'S do'n phort bu mhiannach leò.

O b' fhéarr gu'm moladh daoine Dia  
air son a mhaitheis chaoin,  
'S air son a bhearta iongantach  
rimm e do chloinn nan daoin' !

dràsd, ach air an Tim eile as aithne dhuinn uile gu maith, a chuireas moille 'n ar ceum agus ròinneaga liatha 'n ar ceann. Shaoileadh tu gur leòr a ràdh gu bheil sinn a' fàs sean a chionn gu bheil na bliadhnaagan a' dol seachad agus gu bheil ar n-eanchainn, agus ar cridhe, agus ar n-àirnean, agus ar fèithean, a' cosg agus a' fàs lag le obair no le cluich.

### Na dotairean

Ach their na dotairean riut nach 'eil an sin ach cainnt páisde; their iad gu bheil sinn a' fàs sean a chionn gu bheil ar corp air a phuinn-seanachadh uigh ar n-uigh. Ach nach coma dhuinn ciamar a tha an aois a' tighinn ; tha i a' tighinn co dhiu, is cha chùm Einstein no na dotairean air a h-ais i. Bho chionn bhliadhnaagan bha lighiche Russianach an dùil gu'n d' fhuair e dòigh air daoine a chumail òg gu aois mhór, agus an dràsd 's a rìs cluinnear ionradh air cungaidhean agus air stuthannan a tha dol a thoirt dùlain do na bliadhnaagan. Ach tha na bliadhnaagan a' buannachd daonnanan.

Tha e ceart do dhaoine càram a ghabhail do'n chorpa (gun ro-chàram) los gu'm mair e air ghleus cho fad 's a dh' fhaodas. Ma thilgeas a' ghaoth sgléat no tugha bhàrr mullach an tighe cuirear sin ceart gu luath ; nach bu chòir dhuinn, ma ta, a bhi a cheart cho furachail air pàilliun ar cuirp ! Thubhairt lighiche air chor-eigin nach 'eil duine anns an fhichead a' bàsachadh gu nàdurra ; tha iad 'g am marbhadh féin. Gun a bhi bruidhinn idir air ruidh tearachd is òl tha móran dhaoine a tha an dùil gu bheil iad stuama 'g am marbhadh féin le bhi ag itheadh tuilleadh 's a chòir. Tha an dara leth de shluagh an tsaoaghail ag itheadh tuilleadh 's a chòir, is bhitheadh e chum buannachd dhaibh trasgadh leth latha a h-uile seachduin.

Thatar ag ràdh gur e beatha nàdurra mhic

an duine ceud bliadhna, no còig agus còig fichead. Thatar a' faicinn gu bheil na creuatarean eile as coltaiche ris a' mairsinn beò a chòig uiread uine's a tha iad a' gabhail a thiginn gu làn ire, agus a thaobh a' gu bheil mac an duine fichead no bliadhna ar fhichead ma bheil e aig a làn fhàs tha sin a' toirt dha còrr agus ceud bliadhna mar a bheatha nàdura. Tha an aois sin os cionn na h-aoise a thug an salmadair do mhac an duine, tri fichead 's a deich, ach a réir choslais, tha daoine a' ruighinn aois an diugh nach robh iad a' ruighinn ann an làithean an t-salmadair. Bho chionn seachduin chunnaic mi anns na paipearan mu thriùir bhoirionnach a tha glé dhilidh dhomh a tha os cionn ceud; té dhiubh ceithir agus còig fichead.

Chan 'eil e idir iongantach gu'm faigheadh daoine anns na làithean so sìneadh saoghal nach d' fhuair an aithrichcean, oir tha biadh, is aodach, is tighean, is pàigheadh, is comhfhurtachd, aca nach robh aig an aithrichcean, agus uairean-oibre as giorra. A thuilleadh air sin chuir na dotairean ruag air a' bhric agus air fiabhrusan a bha a' giorrachadh làithean dhaoine. Bho chionn trì fichead bliadhna bha ceithir duine fichead as a mhile a' bàsachadh ann an Lunnaidh anns a' bhliadhna ach an diugh chan 'eil a' bàsachadh ann ach ceithir deug as a' mhile.

\* \* \* \* \*

### An Gàradh-criche

A bheil clach-mhile air bith ann am beatha dhaoine, no bliadhna shòruicichte m' am faodar a ràdh, gur e so an gàradh-criche eadar an òige agus an aois? Thubhaint R. L. Stevenson gur e còig bliadhna fichead ceann-deiridh na h-òige, ach cha ruigear a leas a chainnt-san a ghabhail gu litireil, oir bhiodh e air uairean ag ràdh ionadh rud nach robh e uile gu léir a' ciallachadh, agus bha spiorad na h-òige agus aotrumas a' bhalaich 'na chridhe fein gus an là a dh' fhág e an saoghail. Thubhaint lighiche ainmeil gu'm fàs daoine glic na 's glice an uair a théid iad seachad air deich bliadhna fichead, ach gur h-annamh a dh' fhàsas daoine gòrach na 's glice an uair a théid iad seachad air an aois sin. Tha e coltach gu robh an lighiche ud an dùil gu bheil deich bliadhna fichead 'n a ghàradh-criche ann am beatha dhaoine. B'e sin an aois aig an robh na Leibhithich a' tòiseachadh air frithdealadh do Dhia, ach dh' fheumadh iad sgur an uair a ruigeadh iad leth-cheud bliadhna. B'e sin an aois cuideachd a bha Criod an uair a thòisich e air rioghachd Dhe a shearmonachadh. Air co-ainm a latha-breith sgriobh an lighiche ainmeil, Sir Uillean Broadbent, gu caraid dha, "Tha mi dà fhichead an diugh; cha ghabh e a cheiltinn tuilleadh gu'n do chaochail

maduinn m' òige, agus gu bheil a chuid as fheàrr de mo bheatha seachad. An uair a ruigeas duine dà fhichead cha ruig e a leas feuchainn ri tòiseachadh air obair ùr." Ud, Ud, feumaidh gu robh e air dhroch ghleus an uair a bha e a' sgriobhadh na litreach. Chan e mhàin gu bheil iomadh duine a' tòiseachadh air obair ùr aig dà fhichead, ach tha iad a' deanamh obair as fheàrr na rinn iad 'n an òige. Cha robh Gladstone ach a faobharachadh na h-acfhuinne aig dà fhichead; bha e 'n a sheann duine an uair a chuir e làmh ann an nithe móra. Ach theagamh gu'n abradh an lighiche ud nach do rinn Gladstone riamh obair a b' fhiach obair a ràdh rithe.

Sgriobh Tomas Huxley an litir so gu caraid dha, "Tha mi a nis dà fhichead 's a trì deug, ach ciod a tha an sin ach an fhior òige. Cha robh mo bhodhig riamh na b' fheàrr na tha i, agus o chionn bliadhna chuir mi barrachd oibre as mo dhéidh na rinn mi riamh roimhe. Chan 'eil thusa ach dà fhichead fhastast, ciod a tha annad ach am balach; tha a' chuid as fheàrr de do bheatha air thoiseach ort."

### Tri fichead

Ged nach robh uiread de 'n ghliocas a tha o shuas aig an Ollamh Benjamin Jowett 's a bha aig an Ollamh Mac Iain bha móran de ghliocas saoghalta 'n a cheann, is tha na comhairlean so a thug e air daoine a ràinig trì fichead agus a tha faireachduinn cudthrom nam bliadhna-chan airidh air gabhail riu

- (1) Na bi an dùil gu'n téid agad air dùlain a thoirt do sheann aois.
- (2) Chan 'eil feum ann dhuit a bhi cur mar fhiachaibh ort fèin gu bheil thu òg le bhi deanamh mar tha an òigradh a' deanamh. Cha tig as a sin ach gu'n sàraich thu do chorp.
- (3) Aig trì fichead tha e glic do dhuine an saoghal a ghabhail gu réidh, agus daoine eile a chur air cheann oibre an àite a bhi 'g a deanamh e fèin.

Chan 'eil e furasd a ràdh ciod an t-àm d'a bheatha anns a bheil buadhan inntinn duine aig àirde an neirt. Tha mùghadh mór eadar an dara duine agus an duine eile a thaobh abachadh am buadhan; tha cuid ag abachadh tràth agus cuid eile fada na's amioiche. B' àbhaist do'n Ollamh R. W. Dale a bhi 'g ràdh gu robh shearmonaiche aig àirde a chumhachd eadar dà fhichead 's a còig deug agus tri fichead 's a còig. Is gasda le seana mhiniestearan a bhi cluinniinn sin, ach ciod a theireadh an fheadhainn a bhios 'g an éisdeachd? Chan urrainnear a' Chléir uile a chur fo'n aon lagh. Bha am fear nach maireann an t-Ollamh Wallace Williamson aig àirde a chumhachd mar shearmonaiche gu maith trath 'n a mhini-

trealachd, eadar còig deug ar fhichead agus dà fhichead 's a còig. Ach air an làimh eile bha a choimhearsnach, an t-Ollamh Alasdair Whyte, aig àird a chumhachd 'n a sheann aois. Ged nach chruinninn ministear a' searmonachadh ach uair no dhà tha mi an dùil gu'n aithnichinn co dhiu a mhaireas uisge anns an tobar gu seann aois no nach mair. Cha tig rud as an tobar nach 'eil ann. Ministearan a bhios a' trod, no a' glaodhach, no ag ochanaich, no ag oibreachadh an làmhan mar gu'm biodh muileann-gaoithe, tha iad sin aig àird an cumhachd ann an earrach an làithean, is tha an t-àm aea leigeil dhiubh an uair a bhios iad a' streap ri tri fichead. Cha mhaith an rud e seirbhiseach an Tighearna a bhi trod, no a' glaodhach, no eadhon ag ochanaich, agus uiread de chluaintean gorma anns a' Bhiobull anns am faodadh e féin agus a' choimhthionail a bhi gluasad gu réidh agus gu foisneachail.

### Tha an oidhche a' teachd

Chan 'eil ni as cinntiche na sin. Ann am feasgar ar làithean tha na bliadhnachan a'

dol seachad na's luaithe na chaidh iad seachad ann am maduinn ait na h-òige. Bha ceithir uaire fichead anns an là an làithean ar n-òige, ach an diugh chan 'eil ann ach dhà dheug. Tha sin ag iarraidh oirnn uile a bhi cùramach m' ar n-tùine, agus dichiollach; air eagal gu'n tig an oidhche, agus gun ar n-obair crioch-naichte. Tha t-obair féin agad-sa, agus m' obair féin agam-sa, aeh tha aon obair gus a bheil sinn le chéile air ar gairm, *Is i so obair Dhe, gu'n creid sibh anns an tì a chuir e uaith.* Na h-abair gu'n dean thu sin am màireach, oir an là ris an abair thusa *am màireach*, sin an là ris an abair Dia là a' bhrosnuchaidh.

*Tha mo làithean na's luaithe na spàl figheadair.*  
—IOB vii, 6.

*Thoir fios dhomh, a Thighearn, air mo chrìch agus tomhas mo làithean.*—SALM XXXIX, 4.

*Eirich, tha e'g ad ghairm.*—MARC X, 49.

*Chaidh iadsan a bha ullamh a steach, agus dhruideadh an dorus.*—MATA XXV, 10.

## Sgeul mu thimchioll an Abstoil Eòin

LE NIALL MAC-AN-TUAIRNEIR, F.R.H.S., LOCH PORTAIN, UIDHIST-A-TUATH

THA an sgeul a leanas mu'n diadhair Eòin air Tinnseadh le luchd-eachdraidh na h-eaglais, air a thoirt a nuas do'r n-ionnsuidh o linn gu linn, agus air a chunnatais firinneach.

Bha Eòin air fhògradh le Domitian, aon de mhòr-fhlaithean na Ròimh, do dh'eilean uaig-neach da'm b'ainm Patmos; ach an déidh bàis an duine an-iochdhmhor sin, phill e gu Ephesus, a chur air leth cléir cheart gu bhi thairis air an t-sluagh. Air dha dol gu Smyrna (baile-mór ainmeil a bha 's an tìr), agus air dha bhi labhairt ris an t-sluagh, mhothaich e òganach eireachdail dreachdmhor, agus ni 'na àodann is 'na ghnùis a thàlaidh a chridhe gu mór ris. Labhair an diadhair Eòin mar so ris an easbuig a shuidhich e thairis air an eaglais sin:—"Beachdaich," ars' esan, "air an òganach ud. Gabh e fo d'chùram an làthair na h-eaglais, agus an làthair Chriosd, ceannard na h-eaglais. Tha mise 'ga earbsa riut; cùm sùil air."

Gheall an t-easbuig a dheanamh mar a dh'iarradh air, agus dh'earailich Eòin air a ris agus a ris e chuimhneachadh na chaidh a chuir mu choinneamh. Thug an t-easbuig dhachaidh an t-òganach a dh'ionnsuidh a thighe féin. Thug e dha gach gnè foghluium is fiosrachaidh; dh'àraich, dh'altrum, agus thog se e ann an èolas air Chriosd; agus fa-dheòidh bhaist se e.

Ach cha do ghleidh an t-easbuig an t-sùil sin air an òganach bu chòir dha, agus a gheall e. Tharruing e suas ri droch chompanaich, agus

bha e tadhal droch chuideachd. Bho bheag gu mór, chinn e gòrach, peacock, mi-gheamhnuidh. Air dha dol aon uair air seachran, chaidh e air adhart a' cur an gniomh gach gnè gniomharadh eagallach. Chaill e a dhòchas, a shlàinte, agus a mhaiteanais peacaidh. Chinn e dalma, dàna, —comharrachte air son gach gnè giùlain bu mhiosa na chéile. Chruinnich e mu thimchioll buidheann do dh'òganach cosmhail ris féin—deas, uidheamaichte, agus togarach airson ni peacock sam bith a dheanamh. Chuir se e féin os an ceann mar cheannard. Chinn iad 'n an spùinmeadairean 's 'n an robairean; agus b'e an t-òganach truagh so b' fhiadhaiche, bu bhuirbe, agus bu titheche air dòrtadh fola 'n am measg gu leir.

Beagan bhliadhnachan an deidh so, thàinig an diadhair Eòin do'n àite. Chuir e fios air an easbuig ris an d'earb e an t-òganach. "Thoir air ais dhomh," deir esan, "na dh'earb mi riut—na dh'earb mi riut an ainm Chriosd, agus an làthair na h-eaglais air an do chuir mi thusa thairis mar easbuig. C'ait a' bheil an t-òganach a chàirich mi fo d'chùram? Freagair dhòmhsa, is freagair do'n eaglais air a shon agus airson anmannna air na gheall thu faire a dheanamh."

Tharruing an seann duine osna thróm. "Tha e" ars' esan, "marbh do Dhia. Chaidh e air seachran. Thréig e mi. Chinn e 'na mhéirleach, 'na fhear-reubainn, 'na spùinneadar, agus 'na mhortair."

“ Freagair mi,” arsa Eòin, “ c’ait a bheil e ? ”

“ Tha e ,” ars’ an seann duine, “ ‘na cheannard air buidheann làdir de luchd-reubainn a tha tathachadh nam beann, agus a tha ’n an culaidh-oillt do’n tir uile.”

“ An ann mar so,” arsa Eòin, “ a choimhlion thusa na dh’earb mi riut. Faighibh dhomh each a thiota, agus faighibh dhomh fear-eigin a threòraicheas mi dh’ionnsuidh an aite ’s a’ bheil e tàmh, e féin agus a bhuidheann a tha maille ris.”

Cha robh math cuir ’na aghaidh. Dh’fhalbh e féin agus fear eile maille ris. Ràinig iad a’ bheinn. Choinnich cuid de na spùinneadairean e. Ghlac iad e, ’s cha do chuir e ’n an aghaidh. “ Thugaibh mi, ars’ esan, an làthair ’ur ceannaird ; is miann leam labhairt ris.” Rinn iad so. Sheas an ceannard. Bheachdaich e le iongantas air an duine a bha so a’ dlùthachadh air ; ach co luath ’s a thuig e cò bh’ann, ghrad theich e le làaire—cha durachdeadh a choinneachadh. Ach lean an diadhair Eòin, aosmhor mar a bha e—lean se e, a’ glaodhach na deidh, “ A mhic,” ars’ esan, tha thu teiceadh o d’athair, nach stad thu? Car son a tha thu a’ teiceadh o sheann duine gun airm, gun chomas ciorram no olc a dheanamh ort? Guidh-eam ort stad ! ”

Stad an t-òganach. Chaidh an duine beannichte suas dlùth dha, agus, le aogas ghràidh,

thubhairt esan do’n d’thug Criod mórán gràidh, “ Na diùlt mi ; pill an uchd Criod ; pill ! Fàg an tàite so ; fag do chompanach pheacach. Na caill do dhòchas. Na smuainich nach ’eil dòchas ann ; na smuainich nach ’eil maitheanas peacaidh ri fhaotainn. Ni mise guidhe agus ùrnuigh air doshon. Na’m b’eiginn, bhàsaichinn air an àm air do shon, oir bhàsaich Criod air ar son le chéile. Seas ; striochd ;—an ainnm an Athar’s a Mhic, tha mise’g ad ghlacadh. Creid mi, ’s e Criod a chuir mi mach air do thòir.”

Theirinn an t-òganach as an diollaид—thug e a chlogad dheth, thilg e an claidheamh as a làimh, thuit e air a dha ghlùin—agus ghuil is chaoin e mar phàisde a bhiodh air a smachdachadh. Chrom an diadhair aosmhor thairis air, agus shil e gu frasach a dheòir, air chor’s gu’n robh an t-òganach a nis air a bhaisteadh le deuraibh goirt, aich deuraibh gràsmhor.

Phill e dhachaidh maille ri Eòin. Rinn e aidmheil fhollaiseach an làthair na h-eaglais ; rinn e iomadh ùrnuigh dhùrachdach. Chà do dhealaich Eòin ris a latha na dh’oidhche fad uine mhóir, a’ leughadh nan Sgriobtuirean le chéile, a’ seanchas mu thimchioll an t-Slànuigheir. Cha robh ’s an eaglais an déidh sin aon duine bu chomharrachte no a’ b’ainmeile air son a dhiaidhaidheachd ’s a ghiùlan criodail na n-t-òganach mu’n d’innis mi an sgeul bheag so.

## Aig an

## Uinneig

### An fheadhainn nach maireann

CHAOCHAIL dà mhiniestear Ghàidhealach Co chionn ghoirid a bhos mórán anns an eaglais a’ caoidh, oir bha iad le chéile fo dheagh chliù mar mhiniestearan diadhaidh, sois-geulach, am measg am bràithrean agus am measg an t-slaigh, Alasdair Black, a bha am Portrigh, agus Iain Friseil a bha an Dornoch.

B’ ann am Muile a rugadh Alasdair Black ; bhuineadh e do theaghlaich Baisteach, ach thàinig e a steach a dh’eaglais na h-Alba, is fhuair e cead searmonachaидh bho Chléir Ille an 1892. Bha e air a shuidheachadh am Port-righ an 1894, is shaothraich e an sin gus an d’ thàinig a’ chrioich air gu h-obann. Bha Alasdair Black measail am measg a dhaoine féin, agus an Cléir an Eilean Sgitheanaich, oir bha e ’n a dhuine ciallach, glic ; ’n a shearmonaiche maith, agus eudmhor air taobh a’ Chreidimh anns an d’ fhuair e oilleanachadh.

Ged nach robh mórán èolais agam air Iain

Friseil, b’ aithne dhomh uile làithean mo mhiniestrealachd, is chuala mi e a’ searmonachadh aon uair co dhiù. B’ aithne dhomh daoine a bha eòlach air, is bhitheadh iad ag innseadh dhomh an seòrsa duine a bha ann ; duine beag diùid nach ro làdir riagh, ach aig an robh inntinn a bha coltach ri inntinn nan seann aithrìchean, chan e aithrìchean na h-eaglaise Saoire, ach aithrìchean a b’ fheàrr, aithrìchean na h-eaglais Choitchinn, Augustine, agus Chrysostom, agus Athanasius, agus an seòrsa sin. Ged nach robh Iain Friseil ’n a sgoilear bha inntinn diadhair aige gu nàdurra, inntinn anns an robh talamh reamhar agus domhain, anns am freumhaicheadh agus am fasadh an siol a bha e a’ eur innte à Fàcal an Tighearna, no à leabhrìchean eile. Bha e ’n a shearmonaiche ris am b’ fhiach do shluagh an Tighearn éisdeachd, ach na b’ fheàrr na sin, bha e ’n a dhuine ciùin, glic ; air a chuartachadh daonnan le àileadh agus le irioslachd na diadhaidheachd.



## Socraichte air an deasgainibh

LEIS AN OILEANACH, RAONULL MAC DHONNCHAIDH, M.A., AN OBAR-DHEATHAN

*"Agus tarlaidh anns an àm sin, gu'n rannsaich mise Ierusalem le coinnlibh, agus smachdaichidh mi na daoine a tha air socrachadh air an deasgainibh; a tha 'g ràdh 'nan cridhe, Cha dean an Tighearna maith, ni mò a ni e olc."*—SEPHANTAH, i. 12.

ANNS' an là anns a bheil sinn beò tha móran an taobh a muigh de'n eaglais. Chan abair mi gur e droch dhaoine a tha ann an cuid dhiubh idir, ach 'se mo mhór-bharail gu bheil roinn mhór dhiubh socraichte air an deasgainibh, agus ag ràdh 'nan eridhe, cha dean an Tighearna maith ni mò a ni e olc. Tha an earrann so air a sgriobhadh leis an fháidh anns an t-seann aimsir cho fior is a bha i riabh. Tha móran socraichte air an deasgainibh. Tha iad coma co dhiubh. Ma gheibh iad air adhart anns an t-saoghal air dhoigh air chor-eigin tha iad coma ciod a thachras. Chan 'eil spéis aca do Dhia. Cha dean Dia maith, tha iad ag ràdh, ni mò a ni e olc. Bu cheart cho maith dhaibh a ràdh, Chan 'eil Dia idir ann. Cha chreid iad gu bheil e comasach do Dhia a bhi feargach ri aingidh-eachd agus ri peacadh. Chan 'eil spéis aca gu bheil Dia os an cionn agus gu bheil aca ri breitheanas a choinneachadh. Tha an eridheachan mar uisge plodach. Chan 'eil feum aca-san air Dia ann. Ni iad an gnothach gun Dia idir. Car son a chuireadh iad de dhragh orra féin na dheanadh aoradh do Dhia? Chan 'eil eagal 'sam bith orra-san roimh fhearg an Tighearna.

## Là a' breitheanas is rannsachadh na h-Eaglais

Ach, a chàirdean, nach e a' cheud ni a tha air a chur fo ar comhair anns a' cheann-teagaisg so gu bheil là an Tighearna ann, gu bheil breitheanas ri teachd. Agus tha e air a chur fo ar comhair gu soilleir ciod an seòrsa là a bhios an sin. Tha an Tighearna ag ràdh gu'n rannsaich e Ierusalem le coinnlibh. Rannsaichidh e gu mionaideach. Chan fhàg e neach gun sealntuinn air. "Dean urningh agus faire"—chan 'eil briathran ann d' am bu chòir dhuinn barrachd spéis a thabhairt.

"Tarlaidh," ars' an Tighearna, "gu'n rannsaich mise Ierusalem. Ierusalem! Ciod a tha air a chiallachadh le sin? Tha, gu'n rannsaich e eaglais féin, a shluagh agus a chlann féin, iadsan a tha air an ainmeachadh air ainm. Tha móran 'nam buill ann an eaglais an Tighearna an diugh a tha socraichte air an deasgainibh, agus tha iad feumach air an dùsgadh. Tha cuid aca a' déanamh dheth ma bhitheas an ainm sgrìobhte air rola eaglais gu bheil an gnothach

ceart gu leòir. Gheibh iad baisteadh is pòsadh, is ciod an corr a tha a dhith orra. Tha an eridheachan fuar agus marbh, agus chan 'eil fios aca car son a tha an eaglais idir ann. Cha d' thug iadsan an eridheachan do an Tighearna. Cha d' éisd iad riabh r'a ghuth is cha d' thug iad fa-near. 'S math a dh' fhaodadh an Tighearna a ràdh mu'n déidh "Chan 'eil mo shluagna a' toirt fa-near." Tha iad 'nan cadal a thaobh gnothuichean spioradail. Cha toir iad dà smuain do chùisean an anama.

Eisdeamaid ri Pòl, "Ach a réir do chruais agus do chridhe neo-aitreachail, tha thu ag càrnadh suas feirge dhuit féin fa chomhair là na feirge, agus foillseachadh ceart-bhreitheanas Dhé; a bheir do gach neach a réir a ghniomharan." Rom. ii. 7. Eisdeamaid ri Peadar, "Oir thàimig an t-àm anns an tòisich breitheanas aig tigh Dhé: agus ma thòisischeas e againne, ciod is crioch dhaibhsan a tha eas-umhail do shoisgeul Dhé? Agus ma's ann air éigin a theàrnar am firean c'ait an taisbein an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach e féin." 1 Pead iv. 17-18. Eisdeamaid ri Amos, "Is sibhse mhàin air an do ghabh mi eòlas a dh' uile theaghlachibh na talmhainn: uime sin smachdaichidh mi sibh air son ar n-ùile lochdan." Amos iii. 2.

Smachdaichidh Dia a shluagh féin. Tha móran air a thoirt dhaibh agus bithidh móran air iarraidh orra. Tha Criosc ag coimhead air eaglais air an talamh mar a chorp féin. "Is sibhse corp Chriòsd." Tha obair aig an eaglais r'a dhèanamh; tha aice ri saothrachadh air son Criosc. 'S ann troimpe a tha Criosc a' ruigheachd air muinntir a tha fad as. Agus an uair a thig Dia a rannsachadh 's ann air an eaglais a choimheadas e an toiseach. Agus ciod i an eaglais? Mise agus tusa, agus gach neach a tha air ainmeachadh air ainn Chriosc.

## Earbsa Chriosc as a shluagh

Tha Criosc ag earbsadh á daoine. Dh' fhàg e na deisciobuil gu eaglais a chumail suas, agus 's ann ruinne a tha e ag coimhead an diugh. Tha sgrìobhaiche àraighe ag uisneachadh a mhac-meanmain ann a bhi a' toirt dealbh dhuinn air an iongantas a bha am measg cumhachdan nan nèamhan ris an ni so a rinn Criosc. Tha Gabriel ag cur failte air an neach bhuidh-mhor a tha air tilleadh o'n chòmhraig uain-

asaich anns an robh e, agus tha an t-aingeal sin a' deànamh uaill as a' bhuaidh a thug e mach. "Ach," ars' esan, "an d' rinn thu cinnteach gu'm bi toradh do bhuadhach air a ghleidheadh? An d' rinn thu cinnteach gu'n téid an sgeul aoibhneach timchioll an t-saoghal?" Agus fhreagair Criod gu socair gu robh e ag earbsadh as a dheisciobuil—"Dh' innis mi do Pheadar, agus do Eoin, agus do chàch, na h-uile nithean. Dh' fhosgail mi mo chridhe ri Muire, agus ri Marta, agus ri 'n càirdean." "Ach, a Thighearna, ciod a thachras ma dhìchuimhnicheas iad, agus gu'n dibit iad thu. An d' rinn thu oidharp'sam bith eile a dhéanamh cinnteach gu'n rachadh do rioghachd a chur air bonn?" "Cha d' rinn. Cuiridh Peadar agus Eoin agus Marta an céill e d'an càirdean, agus innsidh an càirdean d'an càirdean-san e, agus mar sin théid sgeul aoibhneach an t-soisgeil air feadh an t-saoghal, agus mar sin troimh na linntean théid toil an Athar a dhèanamh gus mu dheireadh an tig an Rioghachd." "A Thighearna, a bheil eagal idir ort an uair a dh' fheòraicheas iad dhiot mu thimchioll do dheisciobul?" Agus dh' fhosgail na sùilean slorruidh ud le ionghnadh. "Eagal, a Ghabriel, chan aithne dhuitsa mo Pheadar-sa agus m' Eoin; chan aithne dhuit Muire agus a peathraighean."

### Peacadh a' mhì-chùram

Tha iomadh seòrsa peacaidh ann, ach taing do Dhia gu bheil maiteanas ann an Criod. Thuit Peadar bochd iomadh uair, ach air a' cheann thall fhuair e de dh' èdles air gràdh agus gràs an Fhir-Shaoraidh is gu'n tug e buaidh. Ach ged a pheacaich Peadar cha robh e socair air a dheasgainibh. Bha e a' deànamh spàирn

chruidh gu cuing a' pheacaidh a thilgeadh dheth, agus saorsa fhaotainn. A chàirdean, 's e peacadh mór a tha ann do dhuine a bhi socrachte air a dheasgainibh. B' fheàrr dhuinn gu mór a bhi a' tort ceum air an t-slighe ged a thuiteamaid air uairibh. Tha fearg Dhé riu-san a tha coma-co-dhiubh, agus tha peanas a' feitheamh orra, ma gheibhearr mar sin iad. Tha Dia an diugh a' sireadh pheacach. Ma tha thusa socrachte air do dheasgainibh, a bheil thu idir 'g a fhaicinn a' tighinn le solus na coinnle. Cuir a thaobh gach ni a tha 'g ad dhalladh, gach ni a tha a' tighinn eadar thu féin agus Dia, agus ruith 'ga ionnsuidh. Ma tha sinn socrachte air ar deasgainibh, chan 'eil sinn ullamh gu Dia 'gar rannsachadh. Mur bheil sinn a' faicinn maiteas an Tighearna tha sinn feumach air tuilleadh soluis. Ma tha sinn ag ràdh nach dèan e ole oirnn tha sinn a cheart cho dall. Smachdaichidh Dia a chlann eas-umhail.

'S e an diugh, ann an doigh gu math follaiseach, là an Tighearna; an diugh là na slàinte; éireamaid agus cuireamaid ar naghaidh air baile nèamhaidh. Bhà mise uair-eigin agus cha toireadh e dà smuain dhomh an uair a chluinninn seirbhisich an Tighearna a' labhairt air neo-chinnteachd beatha an duine, agus am feum air beatha coisrighte do Chriod. Ach tha mo shùilean féin a nis air firinn na h-earail so fhaicinn. Fenmaidh duine oibre-achadh am feadh is là e, oir tha an oidhche a' teachd, agus rannsaichidh Dia Ierusalem le coinnlibh. Nar leigeadh Dia gu bheil neach a leughas na briathran so socrachte air a dheasgainibh, agus ag ràdh 'nà chridhe, "Cha dean an Tighearna maith ni mò a ni e olc." Dean spàирn chruidh gu dol a steach air a' gheata chumhann.

## Baile Laodicea

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEÒID, M.A., AN GLASCHU

**S**E baile iomraiteach 'na latha a bha ann an Laodicea. Bha e suidhichte far an robh na ròidean as an aird an ear ag coinneachadh 'san Asia Bheag. B' e ceann-uidhe nan carabh-anàichean a bha falbh 'sa tighinn leis gach bathar is ceannachd as an aird an ear. 'S ann ànn a bha bùitean is tighean-tasgaidh nam marsantan móra a bha ag craobh-sgaoileadh gach ceannachd luachmhor feadh bailtean na h-Asia Bige . . . do Cholosé, do dh' Ephesus, do Sminra, do Thiatira agus feadh na dùthcha sin uile. Baile ainmeil agus saoibhir. Is ann ànn a bha tighean-tasgaidh an dir aig na marsantan móra beairteach a bha reic 'sa ceannach gach bathar is ni feumail feadh na dùthcha uile. Bha an t-òr ann cho paitl ris na sligean. Bha a

chlann fhéin ann cho eòlach air an òr agus a bha iad am bailtean eile air an airgiod ruadh. Cha robh dith no deireas air duine ann an eaglais Laodicea agus an t-òr cho paitl.

Bha a rithisd am baile so ainmeil air son clò sònraichte a bhatar a deanamh ann . . . clò mìn dubh, a bha iomraiteach feadh na tire uile, siar is sear. Bha clò Laodicea ni b' ainmeile 'san latha ud na tha clò na h-Earadh 'nar latha is 'nar dùthaich fhéin . . . clò mìn, finealta dubh. Na daoine bu bheartaiche is bu inbheile 'san tir bha iad air an sgeadachadh ann an trusgan de chlò Laodicea. Bha am baile taosgach de bheairtean a' fighe nan clòitean, agus obair agus làn duais aig na h-uile a thoghradh a bhi deanamh nan clòitean so. Bha so

a' deanamh an òir pait do na h-uile a thogadh, agus a' toirt comas do gach neach a bhi air dheagh chomhdachadh. Cha robh duine ann an Laodicea nach robh air deagh chuir-uime, agus sin an aodach grinn eireachdail.

Bha mar an ceudna Laodicea ainmeil air son cungaidhean-leighis, gu h-àraidh acainean airson sùilean is gruaidean. Bha chan e mhàin mnathan is nigheanan, mar a tha iad an diugh, ach fir is gillean an àit ud ag cleachdadh acainn air son an sùilean 's an gruaidean. Bha sabh-shùl Laodicea ainmeil. Bha acainnean Laodicea air an deanamh suas ann an soitheach caol grinn, goireasach do'n phocaid, mar a bha am bocsa alabastar a bha aig a bhean chòir eile. Dheanadh an sabh-shùl so an t-sùil ni b' fhosgailte agus ni bu bhòidhiche; agus bhathas de'n bheachd gu robh am fradharc fhéin ni bu ghéire an déidh suathadh dheth a chur air an t-sùil, agus gu robh rudhadh ni bu ghlaine as a' ghruaidh agus faileas ni bu shoilleire as a' chraigionn. Bha acainn Laodicea iomraiteach, agus, a reir an latha, feumail. Cha bhithheadh fear no té 'na làn dheise gun suathadh de dh' acainn Laodicea a chur air an sùil agus air an gruaidh.

Bha mar sin muinntir Laodicea gu maith dheth da rìreadh. An t-òr pait aca, agus gheibheadh an t-òr gach goireas a bha dhùth orra. Bha iad air an deagh chur-umpa, le clò grinn Laodicea fhéin, agus eadhon grinneas is comhfhurtachd sabh-shùl air an aodann. Nach iad a bha sona dheth?

\* \* \* \* \*

### An guth caol ciùin

Sin mata, mar a bha na daoine ud nuair a thainig an Tighearna Iosa do'n bhaile agus a thòisich e ag grogadh aig na dorsan aca: "Feuch tha mi a'm sheasamh aig an dorus agus a' bualadh: ma dh' eisdeas neach sam bith ri m' ghuth agus gu'm fosgail e an dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris agus esan maille riùm-sa."

Agus gu dé a tha e ag radh riu an toiseach? Gur h-iad a tha sona agus gu maith dheth? Gu dearbh chan e. Ach so, ma tha mi ga thuigsim: "Tha thu bochd agus dòruinneach agus truagh agus dall agus lomnochd." Cò a chuala a leithid? Bochd, agus an t-òr mar na sligean againn; dòruinneach is truagh agus sinn cho cothromach is comhfhurtail agus a dh' iarradh duine beò. Dall, agus an deagh fhradharc againn agus e air a gheurachadh le sabh-shùl Laodicea againn fhéin. Is cinnteach gur coigreach an Duine agus nach fhac agus nach cuala e mu acainn na sùlach againne, a tha ainmeil agus a rinn ar baile iomraiteach feedh an domhainn uile. Lommochd, agus sinn 'nar deise de'n chlò mhór againn fhéin, agus càit a bheil a leithid an grinneas 's am buanachd,

Eisd, tha e a' labhairt a rithisd, agus ag radh: "Comhairlicheam dhuit òr a cheannach bhuam-sa air a dhearbhadh 'san teine chum gum bi thu saoibh." Or a cheannach bhuat-sa? A charaid, tha againn barrachd air n'as urrainn dhuinn feum a dheanamh dheth, agus an t-òr as fearr, òr nan Innsean agus Ophir; tha na cisteachan lan againn dheth. Agus aodach geal a cheannach bhuat cuideachd gus ar còmh-dachadh. Gu dearbh tha, agusdeise airson a h-uile là san t-seachdain againn de'n chlò dhuhb ghrinn againn fhéin, agus b'e sin an t-aodach a chleitheadh an salchar agus cha b'e an t-aodach geal agad-sa. "Agus üng do shùilean le sabh-shùl a bheir mise dhuit," tha e ag radh. Is beag a tha dh' fhios aige air sabh-shùl agus acainn Laodicea agus cho geur agus a tha am fradharc againne.

Clinn e a' bualadh aig an dorus agus ag iarraidh a steach. Car son?

### I. Thà, an toiseach a chionn gum buin an ait-reabh agus an neach a th' innte dha fhéin.

Is esan a thog an tigh agus buinidh an tigh agus fear-an-tighe dha fhéin. Is esan a chru-thaich sinn, corp agus anam, agus tha còir cruthaichidh aige oirnn. Chan e sin a mhàin, ach cheannaich e sinn le fhuil luachmhor fhéin, agus shaor e sinn. Tha còir saoraidh aige oirnn cuideachd; agus is ann air a shon fein a chruith-aigus a shaor e sinn, chum is gu'n gabhadh e-fhéin comhnuidh annainn, agus sinne annsan. Bunidh sinn dha-san agus tha gràdh aige dhuinn agus tha e ag iarraidh a bhi maille riunn. Feuch, tha e 'na sheasamh aig an dorus agus a' bualadh. Fear do ghráidh, leig a steach e, agus e a' tighinn gad iarraidh gus am bi e maille riut agus thusa maille ris-san.

### II. Tha e a rìs 'na sheasamh aig an dorus agus a bualadh, agus e tighinn le uile fheumaileachd an anam.

Tha aitreibh an anam ag cur feum air a glanadh agus air a cur an òrdugh, agus tha esan ag iarraidh a steach chum is gu'n glan e i, agus gu'n cuir e loinn is grinneas oirre. Tha móran a stigh a dh' fheumas a thilgeil a mach . . . iomadach ni grànda gun fheum . . . ana-mianna, as-chreideamh, leisg, fuath, gealtachd, an fhéin, agus a leithidibh sin . . . seann dhoch àirneis. Agus tha deagh àirneis aige-san 'na chois: creideamh, gràdh, gliocas, coibh-neas, fein-àicheadh.

Glanaidh esan agus eiridh e loinn air t' anam; curidh e buadhan is beannachdan glòrmhor an taobh a stigh dhiot. "Feuch tha mi a'm sheasamh aig an dorus agus a' bualadh" tha e ag radh. Fosgail is leig a steach e. Tha am biadh aige 'na chois cuideachd. Is e-fhein am biadh. Is mise aran na beatha, tha e ag radh. Gabhaidh e do shuipeir maille riut. Is ann an uair sin a thuigeas tu cho truagh agus a

bha an àrdoich as aonais-san . . . cho salach mi-òrdail, ged a bha gu leòr innse de'n stuth a bh' innse; nithean saoghalta anns nach robh brigh no beatha. Is mise aran na beatha agus gabbaidh mi mo shuipeir maille ribh. Chan 'eil cion bidhe air an anam anns am beil Criod tre a Spiorad agus chan e sin a mhàin ach bheir e dhuinn òr air a dhearbhadh 'san teine, cùin-eadh rioghachd Neimh, a cheannaicheas uilfheumalachd an duine. Is ioma rud buidhe's chan òr, agus chan òr idir an nì sin a bha sinne a smaoineachadh a bha cho pait agaínn ri na sligean; chan 'eil dealbh is sgríobhadh Righ Néimh idir air.

Cò tha aig an dorus? Tha Righ na glòire.

Togaibh, O gheatacha, bhur cinn,  
is éiribh suas gu h-àrd,  
O dhorsa siorruidh; Righ na glòir  
gu'n tigeadh e 'ga àit.

Agus an uair a leigeas tu a steach e, chan e mhàin gu'm bidh cuirm agaibh ach bidh conal-tradh is caidreamh diadhaidh. Chan fhiach cuirm gun a còmhradh, bha iad ag radh; agus bithidh còmhradh gràidh aige ruinne agus againne ris-san is e air a thighinn, Fear ar gràidh. Tha an cridhe is an àrdoich a bha roimhe meadh-bhlàth . . . gun a bhi fuar no teth . . . an nise a lasadh le teas ghràdh dha-san agus e air a thighinn. Agus uilfheumalachd an anam aige 'na chois . . .

àirneis an tighe agus biadh agus blàthas agus comhfhurtachd. Bheir e dhuinn cuideachd mar a thubhairt e, trusgan de fhìreantachd fhein . . . aodach geal an àit a chlò dhuibh sin a dh' fhìgh sinn fhéin agus as an robh a leithid a dh' uайл agaínn; agus e cho maith air cleith an t-salchair. "A Chatriona," arsa fear de na ministeirean ri Catriona Thangaidh agus i aig Ordugh Steòrnabhaigh, "is tu a tha spaideil, is ann ort a tha an gùn riomhach, chan 'eil n' as eireachdaile aig Ledi Matsan." "Antà," arsa Catriona, "tha an gùn maith is maiseach, agus gum fada bhios gun aig an té a thug dhòmhsha e, ach tha fear eile agam móran n' as fheàrr agus n' as maiseche na e so." "Am beil," ars' am ministear. "Thà, a charaid, gùn fada geal de fhìreantachd Criod, agus bu mhiann sùil dhuibh fhaicinn; agus am beil fhios agaibh-se gu'r h-ann a tha mise a smaoineachadh gu bheil seorsa de pharmad aig na h-ainglean rium airson nach 'eil a leithid aca fhéin." Sin e, a bhan-charaid, aodach geal de dh' fhìreantachd Criod.

Agus a thaobh fradharc nach e e-fhein an solus agus 'na sholus-san chi sinne an solus. Bidh fradharc geur da-rìreadh agaínn agus e-fhein a toirt dhuinn sabh-shùl agus acainn-mhaise. Fosglaidh sinn dha agus gabhaidh sinn ar suipeir maille ris agus esan maille ruinne.

## Maighstir Lachlainn

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEòID, M.A., AN GLASCHU

CHAIDH Maighstir Lachainn diadhaidh a bha an Loch-carraun uair-eigin sgrìob do'n bhaile-mhór agus thadhail e oidhche Shathuirne air caraid dha, ministear aon de dh' eaglaisean móra a' bhaile. Antà, ars' a charaid, is maith gu'n thadhail thu; searmonaichidh tu dhomhsa maduinn am màireach. Ni mise sin, arsa Maighstir Lachainn, agus iarraidh sinn teach-daireachd air an Tighearna.

Nuir a sheas e 'san chùbaid air là-arnamhàireach, agus deise de chlò Gaidhealach air, is ann a rinn moran snodha gàire agus am ministear cho ao-coltach ri grinneas a bhaile-mhór. Ach cha b' fhada gus na dh' éisd iad uile le ro aire is le mór iongnadh.

"A chairdean" ars' esan "chan 'eil mise ach air falbh o'n tigh agus beagan a laithean saora agam agus chan 'eil searmoin agam, ach innsidh mi naidheachd dhuibh." "Bha," ars' esan, "agaínn air a' Ghaidhealtachd Ceann-cinnidh mórr agus ainmeil; bha oighreachd shaoibhir fharsaing aige agus bha e a' fuireach ann an caisteal mórr riomhach air an oighreachd. Bha e 'na bhantraiach agus cha robh aige ach aon duine cloinne, nighean eireachdail ochd bliadhna deug agus bha i cho mùirneach aige ri cloich a

## anns a' Bhaile-mhór

shùlach. Là bha sid, ghairm a h-athair a steach d'a sheomar gnothach i, agus thubhairt e rithe: Nis a Mhàiri chan 'eil agam-sa ach thu-fhéin, agus rinn mise tiomadh, agus na h-uile ni a bhuiteas dhomh-sa is leat-sa e. Tha thu a nis air tighinn gu ire, agus chan fhada gus am bi fear is fear ag iarraidh do làimhe gus do phòsadh. Feuch gu'n dean thu roghainn mhaith, oir tha do shonas an so . . . agus an earrainn mhór 'san ath-shaoghal . . . an crochadh ri cò a phòsas tu. Tha mise a dol dheanamh cuirm a leanas fad seachdanach agus tha mi dol a thoirt curiadh do dh' òigradh na dùthcha chum is gu'n dean thu roghainn mhaith agus fhios agam gu'n d' iarr fear is fear do làmh, aig a chuirme. Ceart gu leòr, athair, arsa Mairi, na bitheadh eagal oirbh-se nach dean mise an nì tha ceart.

Fhuair òg-uisleann na tire cuireadh chum na curime, agus thàinig an ceann-latha. Bha a bhean òg 'ga sgeadachadh fhéin 'na seòmar gu h-àird a' staidhre agus a bean-frithealaidh comhla rithe, nuair a chualas bualadh uamhasach aig an dorus chùil. Chaidh na searbh-antan chun an doruis agus cò bha 'n so ach diol-déirce agus e air dha bhata agus gun an

aodach slàn fhéin air. Tha mi, ars' esan ag iarraidh nighean òg an tighe fhaicinn. Chan fhaic thu sin, bi falbh, ars' iadsan, tha i ga sgeadachadh fhéin an dràsda agus cuirm shògh-mhor aig òigridh na dùthcha an so an diugh. Agus dhùin iad an dorus 'na aodann. Ach ma dhùin bhual esan an dorus a rithisd agus gun sgur. Falbh, ars' an chaileag uasal ri a beanfrithhealaidh agus faic eò a tha deanamh a bhualaidh uamhasaich ud air an dorus chùil. Dh' fhàlbh i, agus thainig i. Thà, ars' ise, diol-deirce bochd agus e ag iarraidh sibh-fhein fhaicinn. Is fhearr dhomh a réist a dhol far a' bheil e, ars' an òg-bhean. Agus rinn i sin. Dé tha thu ag iarraidh? ars' ise. Thà, ars' esan, thu-fhéin ri phòsadh. Thug i sùil air. Cuin? ars'ise. Là is bliadhna o'n diugh. So mo làmh dhuit, ars' ise, agus dh' fhàlbh esan. Ghabh na seirbheisich uamhas agus iad a' faicinn agus ag eisdeachd ach bha dùil aca gur h-ann ri feala-dhà a bha i.

Thainig na h-òigearan agus chaithd a' chuirm air adhart fad seachdain. Thug fear is fear taigse pòsaidh do'n nighinn, ach bha an aon fhreagairt aice-se dhaibh uile: gu robh i fo gheallaidh pòsaidh a cheana. Chaithd a chuirm seachad, agus dh' innseadh do a h-athair mar a bhà, agus bha e air a mhaslachadh, agus aon nighean a chridhe is a ghaoil fo gheallaidh pòsaidh aig diol-déirce. Ach theireadh Mairi; Athair ghràdhach chi sibhse gu'm bi a chuis ceart gu leòr an ceann na bliadhna.

Thainig an latha agus moch 'sa mhaduinn thòisich Mairi air i-fhéin a sgeadachadh 'san deise bu riomhaiche a bh' aice, ann am fior

thrusgan bean-bainnse. Agus mu mheadhon-là bha i agus suil a mach aice ris an fhearr-nuadh-phòsda, agus muinnitir eile an tighe air am maslachadh, ag amharc ach am faiceadh iad an diol-déirce. Air bualadh a mheadhon-là chunn-acas móran mhare-shluagh a tighinn am fianuis a chaisteil agus an uair a thainig iad chum àilean air beulaibh an doruis-mhòir chaithd iad 'nan da shreath fa chomhair an doruis, agus iad uile ann an trusganach dealrach maiseach, agus aon fhearr eireachdail air each bòidheach geal, agus crùin òir air a cheann, agus trusgan sgàrlaid is òir uime. Leum e bharr an eich, agus leum Mairi i a choinneamh aig an dorus agus phòg e i. Cò bha an so ach Mac an Righ. Is maith a dh' aithnih Mairi e o chionn bliadhna air ais ged a bha e an riochd diol-déirce. So mo cheann-teagasg, arsa Maighstir Lachainn:

*"Feuch tha mi a'm sheasamh aig an dorus agus a' bualadh: ma dh' eisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e an dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris agus esan maille rium-sa."*

Tha e air a radh nach robh iomadh suil tioram 'san éisdeachd, agus gu'n ghabh móran ri Mac an Righ mar fhear an gràidh agus fo gheallaidh pòsaidh. Gabh thusa ris cuideachd, a charaid, tha còir aige ort, buinidh tu dha-fhéin. Ged a tha e an riochd diol-déirce, air a dhìmeas agus air a chur air chìl le daoine, air a bhruthadh airson ar n-aingidheachd, air chor is gu bheil e ag cur feum air an dà bhata, is Mac an Righ e. Gabh e, gabh e, thoir geallaidh pòsaidh dha; agus thig e fhathast air do thoir agus bithidh tu maille ris gu siorruidh.

## Anns a' Chathair

B' ABHAIST do'n Mhorair Sands a bhi ag Bràdh nach do rinn ministear riamh ainm dha féin le searmoin ghoirid, ach air a shon sin gu'm b' e searmoin ghoirid a tha dhùth air daoine an diugh. Chan 'eil na searmoin aig gin de na searmonaichean móra goirid, Chalmers, Liddon, Caird, agus an seòrsa sin,—ghabhadh iad uile an úine féin, uair an uaireadar co dhiu. Tha fasain ann an searmonachadh cho maith 's a tha fasain ann an nithean eile; b'e sud am fasain anns na seann làithean, is bha na searmonaichean beaga tioram 'g a leantuinн cho maith ris an fheadhainn mhòra. Na 'n robh Chalmers, is Liddon, is Caird, anns an t-saoghal an diugh dheanadh iad mar tha sinn uile a' deanamh; ghiorraicheadh iad an searmoin.

B' ann o'n fhear nach maireann, Iain Mac Gilleathain, a bha ann an Tairbeart na h-Earadh a chuala mi na searmoin a b' fhaide a chuala mi riamh. Iomadh là leanadh e air uair gu leth, ach cha b' urrainn duine air bith a' ràdh

gu robh e sgìtheil a bhi ag éisdeachd ris. Bha salann 'n a theagasg agus cuimse 'n a fhacal nach leigeadh le daoine cadal mur robh iad cadalach gu nàdurra 'n an inntinn. Ach cha bhiodh e a' searmonachadh no a' teagasg as a' Bhiobull fad na h-ùine; bhiodh e a' tort a steach d'a shearmino iomadh rud neònach air an toireadh e binn is buille anns an dol seachad. An là a bhiodh e ann am fonn maith, gun dad a' cur dragh air, agus a thòisicheadh e air labhairt mu Phearsa Chriosd, no mu smuaintean Phoil a thaobh diomhaireachd na Diadhachd, chan fhàsainn sgith ged leanadh e air gu dol fodha na gréine. Ach uairean eile, mur robh e air dealbh, cha bu mhisid a shearmino iad a bhi air an giorrhachadh.

### Cridhe na cùise

An uair a tha daoine dol do'n eaglais air an t-Sàbaid tha iad a' dol innte (1) a dh' aideachadh ainm naomh an Tighearn am fianuis an t-saoghal, agus a dheanamh aoraidh dha,

agus (2) a dh' fhaotainn soluis, is neart, is comhfhurtachd, is ùrachadh d' an cridheachan o Fhacal an Tighearna. A thaobh a' cheud aobhair sin chan 'eil e gu mùghadh gu dé cho fada 's a chumart a stigh iad, mar rinn iad aoradh do Dhia an spiorad agus am firinn, agus a thaobh an dara aobhair faodaidh searman goirid simplidh a tha air a labhairt le duine gràdhach tuigseach o fhiosrachadh féin barrachd maith a dheanamh na dheanadh òraids fhada fheileanta mu na Sadusaich no na Phairisch.

Ach tha so 'g am thoirt gu cridhe na cùise, nach e an searman idir, co dhiu a tha e fada no goirid, an rud as priomspalaiche anns a' chùbaidh ach an duine. Duine a bhios a' bruidhinn agus gun dad aige ri ràdh, no teachdaireachd ri liubhairt, ciod a tha ann ach umha a ni fuaim? Sgithichear dheth ged nach labhradh e ach fad dheich mionaidean, "a' dol mu'n cuairt agus mu'n cuairt air tur Shioin."

\* \* \* \* \*

Ged nach toigh le daoine dòighean ùra, gu sònruchte ann an nithean a bhuineas do'n eaglais no do'n chreideamh, feumaidh mi aideachadh nach e cron ach maith a rinn gach atharrachadh a thàinig air aoradh na h-eaglais anns a' ghineal so, a réir mo bheachd-sa co dhiù. Tha e ceart gu'm biodh an searman air a ghiorrhachadh seach mar bha e anns na seann laithean, ach na's fheàrr na sin air fad, tha na h-ùrnuighean air an giorrachadh.

Na saoileadh duine air bith gur rud furasd a tha ann do mhiniestar ùrnuighean coimhthionail a chur an lèathair Dhe, oir tha an dleasdanais sin ag iarraidh gibhteann inntinn, agus cridhe, agus spioraid, nach fhaighear gu tric còmhla. Tha e ag iarraidh eagal diadhaidh agus eòlas spioradail a bhi ann an anam an fhìr a tha ag ùrnuigh, ach tha e ag iarraidi mar an ceudna ordalachd agus grinneas a bhi 'n a inntinn los gu'n téid aige air briathran sòluimte agus freagarrach a thaghadh, gun chearbaise a mhilleadh a shaorsa féin no saorsa a' choimhthionail.

### Mu leughadh ùrnuighean

Bha mise air mo thogail anns a' bheachd nach 'eil e ceart do mhiniestar ùrnuigh a leughadh anns a' chùbaidh, no eadhon ùrnuigh ullachadh roimh làimh, agus tha cuimhne agam fhathast, mar gu'm b' ann an dé a thachair e, an uair agus an t-aite anns an robh saoghal tùr air phosgladh dhomh. Bha mi ann an Eaglais-Ard Ionar-nis 'n am bhalach. Bha duine mór eireachdail anns a' chùbaidh, duine nach b' aithne dhomh aig an àm, Iain Mac Leòid, an Govan, bràthair do Thormod a bha anns an Eaglais Ard. Bha an duine cho mór agus cho eireachdail, agus coltas cho sòluimte agus cho diadhaidh air, 's gu robh

fiughair agam-sa ri nithean domhain agus tromadach an là ud, ach 'n uair a thòisich e air ùrnuigh a leughadh is ann a ghabh mi eagal gu'n tuiteadh ceann na h-eaglais 'n a broinn. Shaoil mi nach robh ann ach ministear de'n Eaglais Shasunnaich, no duine truagh air bheagan thàlantán nach b' urrainn ùrnuigh a dheanamh as a sheasamh. Ach mar chaidh an duine air aghaidh thòisich mise 'n am chridhe féin air comh-fhreagradh do'n ùrnuigh a bha e a' cur suas gus mo dheireadh an do dhichuidh-nich mi gur ann 'g a leughadh a bha e. B' fheàrr leam i na na h-ùrnuighean eile air an robh mi eòlach. Ach cha b'e sin uile e; thug Iain Mac Leòid seachad searman mór druidh-teach an là ud (dùlth air uair an uaireadair, ma's maith mo chuimhne) gun phaipear. Chuir na chunnait agus na chuala mi an là ud anns an Eaglais Ard gu smuaineachadh mi; an uair a chuala mi am ministear gasda ud a' leughadh ùrnuigh nach b' fhaide na còig mionaidean, agus gun e a' leughadh a shearmoin a bha anabarrach fada, thuig mi anns a' mhionaid nach b'e cion comais no cion spioradalachd a thug air sin a dheanamh, ach aobhar air chor-eigin eile.

### Comhairle ghlic

Ach tha leughadh ùrnuighean cho cumanta a nis ann an aoradh na h-eaglais 's nach cuir e uiread ionghnaidh air a' ghineil òig 's a chuir e orm-sa. Chan urrainnear a' cheist so a chur an dara taobh le bhi ag ràdh, gu bheil aon dòigh ceart agus an dòigh eile ceàrr. Tha gach dòigh ceart a tha freagarrach agus a chuidicheas le daoine aoradh a dheanamh do Dhia gu h-irosal agus gu treibh dhireach. Ann an eaglaisean móra far a bheil dùmlachd sluaigh de gach aois agus de gach seòrsa, agus far a bheil an dara leth dhiubh cho fada air falbh o'n mhiniestar 's nach fhaic e an stílean, tha mi an dùil gu'm biodh e freagarrach, an dà chuid do'n mhiniestar agus do'n choimhthional, na h-ùrnuighean a bhi air an leughadh. Theagamh gu'n rachadh aig Joseph Parker, no aig Tearlach Spurgeon, no aig Lloyd George, air bruidhinn as an seasamh ann an àite mór de'n t-seorsa sin ach cha rachadh aig ministearan anns a' chumantas air a dheanamh. Ach ann an eaglaisean beaga, far nach 'eil cruinn ach grunnan beag dhaoine mar gu'm biodh teagh-lach cruinn aig aoradh-teaghlaich, tha e iom-chuidh agus buannachdail gu'n deanadh aodhairean choimhthionailean ùrnuigh as an seasamh, a réir mar bheir Dia saorsa dhaibh.

Ach co dhiubh a tha ùrnuighean na h-eaglais air an leughadh no nach 'eil tha e ceart gu'm biodh iad air an ullachadh roimh làimh. Tha cuimhne agam gu'm bitheadh an t-Ollamh mór-mór, Raibeart Flint, ag iarraidh oirnn sin a dheanamh, agus ag iarraidh oirnn an tuilleadh ùine a chur seachad ag ullachadh ar n-ùrnuigh-

ean na chuireamaid seachad [ag ullachadh shearmon. Anns a' Ghàidhealtachd uair-eigin de'n t-saoghal (is theagamh am diugh fhathast) bhatar an dùil nach robh feum aig ministear air a bhi ag ullachadh idir ; gu'n toireadh an Spiorad Naomh (ma bha e air ungadh leis) teanga agus teachdaireachd dha 'nuair a sheasadh e air beulaibh an t-sluaiigh. B'e am beachd sin a bu choireach gu robh faoineas, agus ruaipearachd, agus bumalaireachd, air an ceadachadh anns an eaglais anns na seann làithean nach ceadaichear innta an diugh. Gheibheadh ministearan éis-deachd aon uair ged nach robh smod tùir annta, ach gu fortanach chan éisdear riu le faighidinn an diugh mur bheil coslas a' cheartais agus dreach na firinn air an seanchas.

### Urnuighean fada

Ann an seirbhisean na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd bha a' cheud urningh daonnan ro fhada agus ro sgaoilte. Chuala mise ministear ag urningh còig mionaidean fishead. An uair a thòisich e dh' eirich an coimhthionail uile 'n an seasamh, ach bha iad a' suidhe, aon as déidh aoin, gus mu dheireadh nach robh 'n

an seasamh ach mu leth-dusan 'n uair a chrioch-nach e. Anns a' chuid mhór a dh' eaglaisean bha a' cheud urningh a' marsainn o cheathramh na h-uarach gu fishead mionaid, is bha ionadh rud eile innta e thuilleadh air moladh agus buidheachas agus athchuinge, nithean neònach air nach tig mise thairis air an duilleig so.

Ach tha dòighean as fheàrr againn an diugh, an àite aire dhaoine a sgaoileadh thairis air fishead cuspair thatar a' feuchainn ri 'n aire a shocruchadh gu teamn air aon ni, agus aon smuin, agus aon fhaireachduin a dhùsgadh 'n an cridhe. Mar sin tha còig mionaidean fada gu leòir a dheanamh urningh. An àite aon urningh a mhaireas deich mionaidean, b'fheàrr dhuit an iùine a roinn, agus dà urningh a dheanamh fad chòig mionaidean.

Ged nach bu mhaith leam dol an aghaidh gliocas agus cleachdaidhean nan aithrichcean bitheidh e uairean a' tighinn 'n am inntiun gu bheil an seirbhisean na h-eaglais, agus gu'm faodadh e bhi air a chur air thoiseach, an dràsd 's a ris co diu. Ach sin gnothuch nach tòisich mi air phosgladh anns an àireamh so.

## Aig an Uinneig

### Ar cainnt agus ar dùthaich

**M**'an ruig na duilleagan so ar luchd-leughaidh bitheidh am Mòd seachad bliadhna eile, agus an seanchas a tha daonnan ag éirigh aig a' Choinneamh Bhliadhnaill mu chor na Gàidhlig. Thatar daonnan a' faontainn coire do chinn a' Chomuinn a chionn nach 'eil adhartas air a dheanamh anns a' chainnt mar tha air a dheanamh anns a' cheòl. Ach ciod is urrainn cinn a' Chomuinn a dheanamh nach 'eil iad a deanamh cheana? Chan ann acasan a tha a' choire; ma tha a' Ghàidhlig a' dol a' cleachdad, chan ann a chionn nach 'eil muinnir a' Chomuinn a' deanamh an dìchill air a cumail bed.

Is e an fhior aobhar, gu bheil a' Bheurla cho goireasach agus cho làidir 's nach 'eil e furasda do chànan eile a bhi beò ri taobh. Ma bheir thu an aire ciod a thachras an uair a choinnicheas dithis no triùir de Ghàidheil an àite air bith, cluinnidh tu iad daonnan a' bruidhinn Gàidhlig an toiseach, "Ciamar a tha bhean?" "Nach b'e so an t-sid!" "Ciamar a tha dol leat?", ach a cheart cho luath 's a shuidheas iad gu seanchas grunnadil agus ceart a dheanamh tòisichidh iad air a' Bheurla, ged tha gaol gu leòr aca air an dùthach agus 'air an càinain. Agus is e an t-aobhar gu'n dean iad sin, nach 'eil e furasda an diugh seanchas no sgriobhadh a dheanamh ann an Gàidhlig gun an dara leth dheth a bhi 'n a Bheurla. Ghabhadh so leasachadh, ann

an tomhas co dhiù, na'n gabhadh daoine dragh agus saothair ris, ach sin an dearbh rud nach gabh daoine an diugh, *dragh agus saothair*. Bu mhaith leò gu'n gabhadh daoine eile e, ach cha ghabh iad fén e. Ged nach do rinn mise òraidi no othail riamh aig Mòd tha de ghaol agam air a' Ghàidhlig 's gur ann innta a bhios mi a' bruadar. Ach tha comharradh as fheàrr na sin air mo ghaol dhi, bitheidh mi a' feuchainn ri h-ionnsachadh do dhaoine eile. Bha *class* agam ionadh uair air son dhaoine òga, ach a cheart cho luath 's a sguireamaid de 'n phaoineas bheag laghach leis am biodh an *class* air a chur air bonn, 's a thòisichinn air *obair* a chur orra, thigeadh cnatan, no déideadh, no rud-eigin eile, orra, aon mu seach, gus mu dheireadh nach biodh duine anns a' *class* ach aon no dhà d' am b' aithne Gàidhlig a leughadh cheana. *Cha bhi adhartas air a' Ghàidhlig gun saothair no gun dragh.*

### Cor na Gàidhealtachd

Tha Commission ùr air a chur air chois, a dh' fheuchainn ciod a ghabhas deanamh air son na Gàidhealtachd. Gu ma maith a théid dha, agus leis gach duine no Comunn eile a tha feuchainn ris a' Ghàidhealtachd a chumail o dhol fas. Ach feumar a chuimhneachadh nach 'eil leigheas air cor na Gàidhealtachd an diugh ach *obair*, a' cheart leigheas a tha air cor ar càinain. Chan 'eil bochdainn anns a' Ghàidhealtachd an diugh; cha robh daoine

riamh cho maith air an dòigh 's a tha iad; cha mhò a bha e riamh cho furasd dhaibh fearann fhaotainn. Ach tha dà ni ceàrr (ma tha iad ceàrr) nach 'eil fhios agam-sa ciamar a ghabhas iad cur ceart, nach 'eil daoine air son clann a bhi aca, agus nach 'eil iad air son oibreachadh air an fhearrann. Sin agad cridhe na cùise, agus mur bheil innleachd agad air an dà cheist sin fhuasgladh bu cho maith dhuit a bhi 'n ad thosd,—ciamar a théid agad air toirt air. daoine clann a bhi aca mur bheil iad air a shon, agus ciamar a théid agad air an cumail air croit, ma's fheàrr leò a bhi as a h-eugmhais.

Chan 'eil duine an diugh ann an Adholl a bheireadh taing dhuit air son croit a thairginn dha, ged bha athair agus a sheanair 'g an cuntas féin sona croit a bhi aca. An uair a bhios té mu réir feumar a cur ri té eile a chionn nach 'eil duine ann a ghabhas i. Ach air a shon sin tha daoine òga làidir ann an Adholl a tha faotainn Deirce fad tìne shònruichte a h-uile bliadhna, ach ma tha, cha ghabhdh is chan oibricheadh iad croit. Chan 'eil air a' chroit ach obair is saothair o mhoch gu dubh, agus beagan air a shon, agus cha striclochd an òigridh iad féin rithe, an uair a tha iad a' faicinn an comh-aoisean agus obair ghlan aca, agus tuarasdal maith, agus uairean goirid. Ciod an leigheas air sin?

A bheil eilean anns an àird an Iar as ion-mhiannaichte do dhuine a chòmhnuidh a bhi ann na eilean I Chaluim-cille; fearann math; sidh blhlath; cladaichean seasgar; an fheamainn a leasaicheas am buntàta air a tilgeil le Neptune anns a' gheamhradh aig ceann an iomaire, agus an t-iasd a ni annlann do'n bhuntàta sin anns an fhoghar a' snàmh air tir eadar na sreathan; sgaoth Shasunnach anns an t-samhradh a phàigheas dhaibh na's fheàrr na gamhna no laoigh, ach a dh' aindèoin nan cothroman sin uile, tha iad ag innseadh dhòmhhsa nach 'eil aig muinntir I eatorra ach triùir no cheathrar de chloinn anns an sgoil, agus gur e Beurla as trice a tha air a searmonachadh anns an eaglais. Ma's aithne do dhaoine eile leigheas air a shon so chan aithne dhòmhhsa e.

## Biobull ùr

Tha leabharùr a' tighinn a mach gu goirid (mur taiming e a mach cheana), an Tiomnadh Nuadh leis a' Bheurla agus a' Ghàidhlig mu choinneamh a chéile air an aon duilleig. Bithidh an leabhar so anabarrach feumail do dhaoine a tha ag ionnsachadh Gàidhlig. Chan 'eil dòigh as fheàrr air Gàidhlig ionnsachadh, a mach o dhol a chòmhnuidh do Bharraidh, na bhi leughadh an Tiomnaidh Nuaidh anns an dà chànan. A thuilleadh air an Tiomnadh Nuadh tha na Saim agus na Laoidean ri fhaotainn anns an leabhar so, an Gàidhlig agus am Beurla, taobh ri taobh.

Urram d' an dlighear urram, agus buidheachas dhàsan a chuir ceann anns an obair so, an t-Ollamh G. A. Frank Knight, an t-àrd-chléireach aig Comunn Nàisìnneach a' Bhiobuill an Alba, an Comunn a tha a' cur a mach an leabhair agus a' pàigheadh air a shon. Bho chionn bhliadh-nachan thàinig e 'n a cheann gu'm bittheadh a leithid so de leabhar feumail do mhórán dhaoine, chan ann a mhàin anns an dùthach so ach ann an Canada, an Astralia, an Nova Scotia, an America, agus an céarnaibh eile; chuir e a chomhairle ri daoine an sid agus an so a bha e an dùil a chuidicheadh e, agus gus naidheachd ghoirid a dheanamh, thilg e as an Rathad gach dìulgheadas a thachair air, is tha an leabhar a' nis deas, no air bheul a bhith.

Chan 'eil e a' cosd ach trì is sé sgillinn, ach ma bu mhaith leat fhaotainn ann an deise riomhaich gheibh thu e air a chòmhach le leather aig prisean eile, suas gu còig tasdain deug. Ma thòisicheas luchd-riaghlaidh nan sgoilean air uisneachadh anns na sgoilean theagamh gu'n toir Comunn a' Bhiobuill an leabhar dhaibh na's saoire, air leth-chrùn.

Cha do rinneadh atharrachadh air bith air a' Ghàidhlig seach mar gheibhean i anns an Tiomnadh Nuadh as aithne dhuinn cheana, ach air eagal gu'm biodh mearachdan anns a' chlò sheall an t-Ollamh D. J. Mac Leòid, an Ionar-nis, gu càramach thairis air a h-uile facal anns an leabhar, agus is leòr sin mar bharantas gu bheil a' chuid sin ceart.

## Facail Bheurla

Anns gach àite anns an coinnich clann nan Gàidheal, luath no mall, togar a' cheist, a bheil e ceart facail Bheurla a chleachdadh ann am bruidhinn no ann an sgrìobhadh na Gàidhlig. Air a' chùis sin tha daoine air an roinn mar tha iad air an roinn ann an cùisean eile, fear 'n a Thóraidh is fear eile 'n a Bhotshevic. Tha an Tóraidh a' creidsin bòilich a' bhàird a thubhaint,

*Chan iarr i iasad air cànan  
Is bheir i féin do chàch am pailteas,*

agus mar sin cha toigh leis a' Ghàidhlig a thruailleadh le facail Bheurla. Tha am Bhotshevic cho beag-nàrach 's nach 'eil ann an trì trianan d'a sheanchas Gàidhlig ach facail Bheurla air an ceangal ri chéile le *agus*, agus le *ann*, agus le *tha*. "Tha na residents anns a village so cho mixed, thug an railway ann a leithid de characters; good, bad, agus indifferent."

Ach faodaidh daoine reusonta an àite-seasaimh a ghabhail eadar cumhannachd an Tóraidh agus sgleapaireachd a' Bhotshevic. Tha mise a' sgrìobhadh Gàidhlig o chionn deich bliadhna ficead, is theirinn so ri sgoilearan òga a tha töiseachadh air a sgrìobhadh.

(*Re leantuinn*)



## Aonadh ri Criosd

*Fanaibh annam-sa, agus mise annaibh-se.*—EOIN XV. 4.

GED tha na Sgriobturan uile tarbhach chum teagaisg agus chum oillein ann am fireantachd tha earrannan de na Sgriobturan na's fhéarr na earrannan eile. Fhuair na caibidealan so de shoisgeul Eoin àite ann an eridheachan chreidmheach nach d' fhuair móran eile de'n Bhiobull. Chan'eil sin 'na ionghnadh, oir bha iad air an labhairt le Slànuighean t-saoghal aig an àm a bu shòluimte 'na bheatha, an uair a bha e a' dol an coinneamh fulangas a' chroinncheusaidh.

Bha fhios aig Criosd nach b' fhada an ùine gus am bitheadh e air a thoirt thairis do làmhan a naimhdean, ach cha do mhill sin an t-sith a bha 'n a chridhe, is chuir e seachad na h-uairean deireannach a' teagasg nan abstol agus 'g am misneachadh le briathran cho ciùin agus cho domhain agus cho brioghmhor 's gu bheil iad 'n an aran beatha do'n t-saoghal gus an diugh. Ged nach deanadh an t-abstol Eoin seirbhis eile do'n eaglais ach na briathran sin a ghleidheadh air chuimhne bhiodh i 'n a chomain gu bràth. Chùm e còmhراadh deireannach a Mhaighstir air chuimhne na b' fhéarr na chum càch, agus ann an deireadh a làithean, fo sheòladh an Spioraid Naoimh, sgriobh e anns an leabhar so e, chum buannachd nan linntean a thigeadh 'n a dhéidh.

## Diomhaireachd spioradail

Am measg nithean eile a thubhairt Criosd ris na h-abstoil aig an àm ud tha Eoin ag innseadh gu'n do labhair e mu'n aonadh a bha eadar e fein agus iadsan, aonadh nach b' urrainn am bàs a bhriseadh. “*Fanaibh annam-sa, agus mise annaibh-se; is mise an fhionain, sibhse na geugan; mise anna-san, agus thusa annam-sa, chum gu'n deunar coimhlionta iad ann an aon.*”

Fhuair an smuain so (an aonachd a tha eadar Criosd agus a shluagh) greim cho làidir air inntinn an abstoil Eoin's gu bheil e a' tighinn thairis oirre an dràsd 's a ris anns a h-uile leabhar no litir a sgriobh e, mar gu'm biodh e a' faotainn sòlas gun sgur ann a bhi meòmh-rachadh air an diomhaireachd spioradail so, an dàimh a tha eadar Criosd agus an eaglais. Annns a' cheud litir a sgriobh e tachraidh an smuain so ort anns a h-uile caibideal, “*An ti a choimheadas àitheanta-sa tha e a' gabhail còmh-nuidh ann, agus esan ann-san: agus le so is aithne dhuinn gu bheil esan a' fioreach annainn, o'n Spiorad a thug e dhuinn.*

Chan'eil Eoin 'na aonar ann a bhi a' teagasg gu bheil an t-aonadh dlùth so eadar Criosd agus a shluagh. Ann an iomadh dòigh bha Pol agus Eoin glé eu-coltaich ri chéile, ach air a' chùis so tha iad a' labhairt le aon ghuth; tha Pol a' toirt na fianuis cheudna mu'n cheangal a tha eadar Criosd agus a shluagh, eadar an eaglais agus Ceann na h-eaglais. “Nach 'eil fhios agaibh,” ars' esan ris na Corintianaich, “gur sibh teampull Dhe agus gu bheil Spiorad Dhe 'na chòmhnuidh annaibh.” “Cha mhise,” ars' esan ris na Galatianaich, “a tha beò ach Criosd a tha beò annam.” “Tha ar beatha foluichte ann an Criosd.” “Criosd annaibh, dòchas na glòire.”

Ged bha Eoin agus Pol fada bho chéile 'n an gnè agus 'n an oilean tha iad a' còrdadh mu'n teagasg so a chionn gu'n d' ol iad as an aon tobar, agus gu'n robb iad air an soilseachadh leis an aon solus. B'e an tobar sin Criosd, agus b' e an solus an solus a thàinig o' n airde.

## Trì samhlaidhean

I. Tha tri samhlaidhean air an cleachdadh anns a' Bhiobull a tha cur soluis air an aonadh a tha eadar Criosd agus creidmhich.—

*An fhionain agus na geugan  
An corp agus na buill  
Ceangal a' phòsaidh*

Mar tha beatha agus sùigh an fhionain ag éirigh agus a' sgaoileadh gu réidh sàmhach a dh' ionnsuidh geugan is gucagan is duilleach na craoibhe, mar sin tha beatha agus cumhachd Chriosd ag oibreachadh anns na daoine a tha air an aonadh ris le creideamh beò. Tha Pol daonnaan a' teagasg gur e creideamh a bhann-aonaidh eadar Criosd agus an t-anam; “ionnus,” ars esan, gu'n gabh Criosd còmh-nuidh annaibh tre chreideamh.” Mar tha móran bhall anns a' chorpa, cnàmhan agus féithean agus uilt, agus iad uile ag oibreachadh gu réidh òrdail a chionn gu bheil an aon bheatha anna, mar sin tha an eaglais, oir is e an eaglais corp Chriosd. Agus is e Criosd ceann na h-eaglais “o'm bheil an corp uile, air a cheangal gu ceart, agus air a dhùlithachadh tre an ni sin a tha gach alt a' toirt uaith, a' faghail fàs cuirp, chum gu'm fàs sinn suas anns na h-uile nitibh chuíge-san.” Tha ceangal a' phòsaidh mar an ceudna 'n a shamhladh air a cheangal dhùlith agus dhiomh-air a tha eadar Criosd agus a shluagh.

"Bithidh an dithis 'n an aon fheòil.' Cha d' thug duine air bith riamh fuath d'a fheòil féin, ach altrumaidh agus eirnidh e i, eadhon mar tha an Tighearn a' deanamh ris an eaglais. Mar tha fear agus bean 'n an aon fo chumhachd gràidh, mar sin tha Criod agus creidmhich.

Chan 'eil anns na samhlaidhean sin ach oidhirpean air cainnt a chur air fiosrachadh anama a tha cho diomhairis a' ghaoith no ri anail na beatha, agus ciod is diomhaire na gaoth agus na beatha? Ach ged tha e diomhair tha am fiosrachadh so an dà chuid cho cinnteach agus cho beannachte's nach 'eil ni eile air an t-saoghal na's cinntiche no na's beannachte na e.

Tha an dàimh a tha eadar Criod agus a shluagh duilich innseadh ann an aon fhacal. Tha e dhaibh 'na *Bhuachaille* ach tha e 'n a *Chrò* mar an ceudna. Tha e 'n a *Sholus* a deanamh na slighe dhaibh, ach is e fén an t-Slighe gu Dia. Tha esan air nèamh agus iadsan air thalamh ach tha e maille riu gu bràth. Tha esan anna-san agus iadsan ann-san. An uair is aithne do dhuine 'n a fiosrachadh fén an t-aonadh so ri Criod, cridhe ri cridhe, spiorad ri spiorad, toil ri toil, tha e bheatha mhaireannach aige anns an t-seagh anns a bheil an t-abstol Eoin a' cleachdad an fhacail sin. Leis a' bheatha mhaireannaich cha robh Eoin a' ciallachadh beatha *gun chrìoch*, no a' bheatha a tha feitheamh oirnn ann an nèamh, ach a' bheatha nuadh agus shòlasach a tha air a cruthachadh le Dia ann an creidmhich anns an t-saoghal so fén.

### Criod agus Dia

II. Tha Criod a' teagasc gu bheil creidmhich air an aonadh ris-san amhuil a ta esan air aonadh ri Dia; is e sin ri ràdh, gu bheil an dàimh a tha eadar e fén agus a shluagh de'n aon ghnè ris an dàimh a tha eadar e fén agus Dia. Tha esan agus an t-Athair 'n an aon a chionn gu'm bu bhiadh agus gu'm bu dheoch dha toil an Athar a deanamh. "Cha d' thàinig mi," ars' esan, "a deanamh mo thoil fén ach toil an Ti a chuir uaith mi." Rinn e daonnaan na nithean a b'áill le Athair, agus aig crìoch a thuruis air thalamh b' urrainn dha a ràdh, "Ghlòraich mi t' ainm, chriochnaich mi an obair a thug thu dhomh ri deanamh." Thug e ümhachd iomlan do thoil Dhe; bha earbsa iomlan aige ann an Dia agus dùrrachd iomlan gu'm bitheadh rùinteán Dhe air, an coimhlichadh, agus mar sin bha aonachd bheannaithe eadar e fén agus Athair neàmhaidh nach robh riamh air a briseadh. Bha iad a dh' aon inntinn agus a dh' aon chridhe. Is ann air sin a bha Criod a' smuaineachadh 'nuair a thubhairt e gu robh an t-Athair ann-san agus esan anns an Athair, agus chan ann idir air an

dàimh a tha aig pearsachan glòrmhor na Trianaid ri chéile. Sin cuspair no diomhair-eachd air nach do labhair e idir. Ach labhair e air a' chòrdadh iomlan a bha eadar a thoil fén agus toil an Athair; agus a chionn gu robh an còrdadh moralta agus spioradal so eatorra thubhairt e gu robh e fén agus Dia 'n an aon, an t-Athair annamsa agus mise ann-san.

Tha so fior mar an ceudna a thaobh Criod agus chreidmheach. Gus am bi an toil-san air a lùbadh ri thoil-san cha bhi eòlas no fiosrachadh aca air an aonadh so ri Criod air a bheil Eoin a' labhairt, an t-aonadh a bha co-ionnan dha ris a' bheatha mhaireannaich. An uair a' tha creidmhich a' cur an toil, agus am beachdan, agus an rùinteán fén, an aghaidh toil agus facial Criod so tha an t-aonadh eadar iadsan agus esan air a bhriseadh. Mur dean iad a thoil-san chan 'eil iad a' fantuinn ann. "Ma choimheadas sibh m'aitheanta, fanaidh sibh ann am ghràdh mar a choimhead mise àitheanta m'athar agus a tha mi fantuinn 'na ghràdh." Ach ged tha e fior gur e iadsan a mhàin a ni toil Criod a dh' fhanas ann, tha e fior mar an ceudna gur e iadsan a dh' fhanas ann as urrainn a thoil a deanamh. Mar so is e Criod an dà chuid a bheatha agus an toradh.

### An cridhe glan

III. Cia mar a ruigear air an aonadh tharbhach so? Tha Eoin ag ràdh nach ann bho ar taobh-ne idir a tha e a' tòiseachadh ach bho thaobh Criod. "Cha sibhse a thagh mise, ach mise a thagh sibhse, agus dh' òrduich mi sibh chum gu'n tugadh sibh a mach toradh." Sin aon taobh de 'n fhìrinne ach tha taobh eile oirre. Tha e fior gur ann ann an cridhe agus ann an toil Dhe a tha uile obair ghràis a' tòiseachadh an toiseach, ach feumaidh ar toil-ne co-oibreachadh maille ri toil Dhe. Ged is e a ghràdh agus a thrucantachd fén a tha toirt air Criod teachd do ar n-ionnsuidh an toiseach chan fhan e maille ruinn mur bheil iarraidh againn air a shòr làthaireachd, iarraidh na's mò na tha againn air ni eile fo'n ghréin. Chan fhan e maille ruinn ma tha aoidhean eile 'n a cridheachan ris nach 'eil agus nach bi gu bràth còrdadh aige-san. An cridhe glan agus an cridhe naomh, sin teampull Dhe; is tha an teampull naomh a chionn gu bheil Dia ann.

Gach uair a chailleas an Crioduidh am fiosrachadh sòlasach so gu bheil Criod ann-san agus esan ann an Criod is ann aige fén a tha a' choire, oir tha gealladh Criod seasmach, "Ma ghràdhaimheas neach mise, gràdhaimichidh m'athair esan, agus thig sinn'g a ionnsuidh, agus ni sinn ar còmhnuidh maille ris."

Chan e mo mhiann thu thríall air falbh gun dàil Mar neach air chuairt, ach thu bhi gabhail tàimh Am chuideachd fén a Dhe le cairdeas dlùth A chaoioidh nan cian nach tréig, fan maille ruinn.

## Moderàtor na h-ath bhliadhna

CHAN e mhàin gu bheil e 'n a thoileachadh C'da chàirdean agus d'a bhràithrean anns a' mhìnistrealachd gu'n do chuireadh urram mór air an Ollamh Dùghall Mac Phàrlain, ministear Chinn-ghiùthsach, ach tha e 'n a thoileachadh do mhùntir na Gàidhealtachd uile. Is mór an onoir e do mhìnistear air bith a bhi air a thaghadh gu bhi 'n a Cheann-suidhe anns an Ard Sheanadh. Ga ma maith a mheals e a dhreuchd, agus gu ma maith a bhios a shlàinte fo'n uallach throm so !

Tha e furasda gu leòir dhòmhhsa sgriobhadh mu Dhùghall Mac Phàrlain oir tha sinn eòlach air a chéile o chionn iomadh bliadhna ; coimh-earsnaich an dà chuid a thaobh ar n-àraich agus a thaobh ar n-obair. Ged tha na Mansaichean anns a bheil esan agus mise a' còmhnuidh ceithir mile deug ar fhisheadh o chéile tha Sgir Bhlàir agus sgir Chinn-ghiùthsach a' bualadh ri chéile anns an fhritheallachd aig Gàig agus Gleann Feisidh.

Thàinig am Moderàtor ùr o stoc maith Baisteach ann an eilean Thiriódh, far an robh athair, Donnchadh Mac Phàrlain, 'n a mhìnistear Baisteach a' chuid mhór d'a bheatha. Bha dìthis de bhràithrean-athar 'n am ministearan Baisteach cuideachd, agus fear eile dhiubh, Rob Mac Phàrlain, 'n a mhìnistear ann an Eaglais na h-Alba, an Gleann Urchaidh.

Bha meas mór aig muinntir Thiriódh air Donnchadh Mac Phàrlain mar mhìnistear agus mar shearmonaiche, agus cha bu lugha am meas air a chionn gu robh e usal agns flathail 'n a choltas. 'Na chainnt agus eadhon 'n a chois-eachd bha e air a chomharrachadh le tromadas agus sòluimteachd a dhreuchd ; searmonaiche air an robh meas aig muinntir an eilein uile a chionn gu robh cumhachd na diadhaidheachd ann. A thaobh móran de na gibhteann a tha aig an Ollamh Dùghall Mac Phàrlain, gibhteann labhairt agus eud soisgeulach, faodar a ràdh le firinn nach b'e an ceannach a rinn e. Thàinig iad air o dhùchas athar.

### An trì sgìrean

Shaothraich e ann an trì sgìrean uile gu léir, an Gleann Comhann, an Arrochar, agus an Cinn-ghiùthsach, ach is ann bho chaidh e do Chinn-ghiùthsach a dh' abuich a bhuidhnan gu ceart. Bha sgoil mhaith ann an Cinn-ghiùthsach, sgoil a bha air a h-altrum gu cùramach leis an duine ghlic sin a bha roimhe anns an sgìreachd, an t-Ollamh Coinneach Mac Connich, duine a tharruing a steach do Eaglais na h-Alba grunnan maith de mhìnistearan cho

maith 's a shaothraich riamh anns a' Ghàidhealtachd. Bha airgiot air a chur 'n a làimh gus na balaich òga sin a chuideachadh le Comunn ris an abrar, *Sgoilean Gàidhealach nam ban agus Comunn nam bursaries Ghàidhealach*.

An uair a shiubhail an Dotair Mac Connich ghabh Dùghall Mac Phàrlain an obair sin os làimh ; a' misneachadh agus a' cuideachadh bhalach òga a bha air son dol do'n Chollaist 'g an ullachadh féin air son na ministrealachd. Urram, ma ta, d' an dlighear urram ; chan ann gun saothair no gun dragh a ghabhas obair de'n t-seòrsa so eur air aghaidh, ach cha do chaomhain an Dotair Mac Phàrlain e féin riamh anns an obair so. Theagamh gu'm bitheadh e air uairean a' faotainn briseadh-dùil ann an cuid de na balaich, ealachan a' fás 'n an geòidh, agus euid dhiubh a' tiomndadh air falbh o'n eaglais gu obair air chor-eigin eile, ach air a shon sin tha móran mhìnistearan òga anns a' Ghàidhealtachd an diugh nach bitheadh anns a' mhìnistrealachd idir mur bitheadh gu robh an Dotair Mac Phàrlain agus na bursaries ud air an cùl. Uair 's a' bhliadhna tha e' a' toirt euntas air a stiùbhardachd aig a' Bhraiceas Ghàidhealaich an Dun-éideann aig àm an t-Seanaidh, eruinneachadh cho gasda 's a tha ri fhacinn fad na h-ùine.

### Riaghlaireachd

Bho chionn bhliadhnaaganan tha uiread riaghlaidh air a làmhan 's nach 'eil fhios agam ciamar a tha e a' faotainn uinne air na nithean eile a tha an earbsa ris a dheanamh ; riaghlaidh airgid, riaghlaidh sgoilean, riaghlaidh oileanach, riaghlaidh obair na h-eaglais, ach tha e èasgaidh agus làidir agus deas-bhriathach, gun bhoinne leisge 'n a choluinn, agus chan e mhàin gu bheil e frithileachd agus cùramach mu obair féin ach tha e daonnaid deas gu dol a chuideachadh dhaoine eile.

Cha robh Moderator Gàidhealach againn o chionn còig bliadhna fichead (cha b' ann mar mhìnistearan Gàidhealach a bha an t-Ollamh Tormod Mac Gilleanain, agus an t-Ollamh Lachlainn Mac Gilleanain Watt air an taghadh) ach bho na chuir an eaglais roimhpe an t-urrnam sin a thoirt do mhìnistear Gàidhealach am bliadhna cha b' urrainnear fear eile fhaotainn as fheàrr an airidh air na Dùghall Mac Phàrlain, duine m'am faodar a ràdh, ann am briathran air am bu chòir do mhùnnitir na h-eaglais a bhi eòlach, gu bheil e taitneach do mhór-chuideachd a bhràithrean, ag iarraidh maith d'a shluagh, agus a labhairt sìth ris na h-uile.

## Anns a' Chathair

**A**NNS na làithean so tha balaich agus daoine òga anabarrach gaolach air *club*, no *càmp*, no *sgoil-shamhraidh*, a bhí aca dhaibh féin. Chan 'eil an sin ach an seann chéilidh ann an dòigh ur. Tha miltean de *clubs* bhalach anns na bailtean-móra a bhios a' cruinneachadh dhà no trì dh' uairean anns an t-seachduin fad a' gheamhraidh, agus a bhios a' dol do *champ* a mach air an dùthaich uair-eigin anns an t-samhradh. Tha am fasan so air sgaoileadh am measg chaileagan agus nigheanan òga cuid-lachd, is ràinig e a nis cho fada siar ri Loch Obha, far a bheil Seòrsa Gallda air cheann càmp Gàidhealach. Anns an t-samhradh tha an dùthaich so breac le canabhas geal an sud agus an so air achaidhean ri taobh aibhnichean, far a bheil *Scouts*, no *Rovers*, no *Girl Guides*, no *cuideachd Stanley Nairne*, no feedhainn eile de'n t-seòrsa sin, a' cur seachad làithean sona còmhla.

Tha so uile maith agus ro mhaith; an uair nach 'eil dad aig òigridh ri dheanamh, no dad a thàirngeas an intinn agus an aire, no dad air a chur romhpa anns an gabh iad ùigh agus tlachd, tha iad titheach air fàs leasg is slaodach, no air tòiseachadh air uipearachd, no eadhon air eron. A dh' aindeòn na bhios na diadhaireán ag ràdh mu thruaillidheachd nàdùr mhic an duine tha e a cheart cho furasda daoine òga aomadh gus na nithean a tha glan agus ceart agus uasal 's a tha e leigeil leò tuiteam ann am buaireadh no ann an droch chleachdaidhean.

Tha e 'na chuideachadh mór, ma ta, do'n eaglais agus do'n obair a tha an eglais a' feuchainn ri dheanamh, gu bheil móran de dhaoine (gillean òga gu sònruichte) anns an dùthaich a tha gabhail tìugh ann an *clubs* bhalach; 'g an cur féin air cheann na h-òigridh, agus a' feuchainn ri 'n cuideachadh, chan ann mar thighearnan no mar uachdarain thairis orra, ach mar chompanaich agus mar bhràithrean.

### Leabhar ur

Tha aon de na *clubs* so an ceangal ri eglais an Naoimh Giles an Dùn-éideann air a bheil duine òg 'n a cheann agus 'n a bhuachaille, Raonull Selby Wright, agus is e a thug orm tarruing a thoirt air an obair so idir gu'n do chuir Mghr Wright a mach leabhar o chionn ghoirid a bu mhaith leam ainmeachadh do luchd-leughaidh nan duilleagan so.

Tha na balaich aige eadar còig bliadhna deug agus ochd deug, as gach seòrsa dachaich bhochd agus ris gach seòrsa oibre; cuid dhiubh ag ionnsachadh ceairde, gàirnealaireachd, no bùidsearachd no saorsainmeachd; is euid eile 'n an gilleann-turuis ann am bùthan.

Oidhche àraidih an déidh an aoraidh-fheasgair dh' iarr e air na balaich ceist air bith mu'n

Chreideamh Chriosduidh a bha cur dragh orra, no bha deacair d' an inntinn, a sgiobhadh air paipear a thug e dhaibh air son a' ghnothuich. Bha na balaich uile aig aoiis a shaoileadh tu nach bitheadh dad a' ruith 'n an inntinn ach cluich is dibhearsoin; iomain, is ball-coise, is snàmh, is bocsadh, ach dh' fhosgail na ceistean a sgiobhd iad air na paipearan stílean Mghr Wright.

Bha móran de na ceistean a dh' fhoighneachd iad mu nèamh agus mu ifreann, ach bha euid eile mu Chriosd agus mu'n dàimh a tha aige ri Dia. Dh' fhaighnich aon bhalach "ciamar a bha Criosd 'n a Dhia mà bhiodh e ag urningh ri Dia? An robh e ag urningh ris féin?" Chunnaic e anns a' mhionaid nach robh e ceart dha leigeil leis na balaich dol air an aghaidh (mar is tric a tha tachairt) ann an ceò a thaobh firinnean a' Chreidimh, agus a' saoilsinn nach 'eil dad air iarraidh air muinntir na h-eaglais ach a bhi suair 'n an caitheamh-beatha, coibhneil ri 'n coimhlearsnaich, a bhi dol do'n eaglais, agus rudan eile mar sin. Chuimhnich e cuideachd gu bheil e air innseadh anns an Tiomnadh Nuadh gu'n d' fhuaradh am balach Iosa am meadhon an luchd-teagaist, 'gan éisdeachd agus a' cur cheist orra. Mar sin chuir e roimhe, bho nach b'urrainn e fhéin a dheanamh gu ceart, gu'n iarradh e air daoine grunndail agus sgoilearan maithe ceistean nam balach a fhreagairt, chan ann ann an dòigh thioram no chonnspaideach ach gu h-iriosal, glic, a' feuchainn ri solus a chur air nithean a bha dorcha agus duilich do na balaich.

### Na freagairtean

An déidh làimhe, chruimhich e na freagairtean sin, agus chuir e a mach iad ann an leabhar beag fo'n ainm, *A' cur cheist orra*. Sin an leabhar air a bheil mise a' deanamh iomraighean dràsd, leabhar anns a bheil móran brigh ann am beagan bùchd. Chan 'eil e a' cosd ach trì is sé sgillinn; 'nuair a dh' innseas mi dhuit gu bheil sgoilearan móra a' toirt seachad am beachd ann air nithean diòmhair is domhain a thaobh na Diadhachd agus na diadhaidheachd, their thu nach b' fheàrr a nasgaidh e; sgoilearan mar tha H. R. Mac-an-Tòisich nach maireann; an t-Ollamh A. E. Taylor an Oil-thigh Dhùn-éideann; an t-Ollamh Seumas Moffat, an t-Ollamh mór mór Teàrlach Gore, an Oxford; an t-Ollamh W. R. Sorley, an Cambridge; Éasbuig Lunnainn, agus móran eile de'n t-seòrsa sin.

So agaibh euid de na ceistean a tha air an cur agus air am freagairt anns an leabhar:

Ma rinn Dia na h-uile nithean cò a rinn olc? Mur bheil ann ach aon Dia car son a bhithear ag ràdh trì 'n an aon?

A bheil e flor gu'n d' fhuair enid de dhaoine " seallaidhean " air Dia ?  
 Ciamar is *Gradh* Dia ? ; shaoil mi gur *Pearsa* e.  
 Car son a tha Dia, ma tha e uile-chumhachdach,  
   a' ceadachadh crith-thalmhainn a mharbhas na  
   miltean ?  
 A bheil Dia a' cluinnint ar n-ùrnmighean no a'  
   gabhal suim diuibh ?  
 Nach leòr a ràdh gu robh Criod 'na dhuine maith  
   gun a ràdh gu'm bu Dhia e. A bheil dearbhadh  
   gu'm bu Dhia e ?  
 Far nach 'eil na ceithir soisgeulan a' còrdadh cò  
   diuibh a leanar ?  
 Ma b' e Dia a bha ann an Criod, ciamar a b'  
   urrainn Dia an saoghal a riaghadh 'nuair bha  
   Criod air thalamh ?  
 Am b' urrainn Criod peacachadh na'n tollicheadh e ?  
 Ma bha e air òrdachadh roimh làimh gu'm bitheadh  
   Iosa air a bhrathadh car son a tha a' choire air  
   a cur air Indas ? An robh e ach a' deanamh  
   toil Dhe ?  
 Car son a rinn Criod mòrbhulean ?

A bheil naidheachd na h-aiseirigh flor ?  
 Ciamar a tha Criod 'na fhear-saoraidh dhuinne ?  
 A bheil Criod a' tighinn air ais do'n t-saoghal a ris  
   mar bhithreas feadhainn ag ràdh ?

Càite a bheil nèamh ?  
 An aithne dhuinn dad mu bheatha an déidh ar bàis ?  
 Ciod a tha anns an anam ?

A bheil ifreann ann ? Ma chumas Dia daoine 'g am  
   pianadh ann an ifreann fad na siorruidheachd  
   an urrainnear a ràdh gu bheil e tròcaireach no  
   caomhail ?

Am faod duine a bhi 'na dhuine maith gun a bhi 'na  
   Criod-suidh ?

Am faod duine a bhi 'n a dhuine maith gun a bhi  
   dol do'n eaglais ?

Bhiodh e maith do mhiniștearan bruidhinn  
   gu réidh ciallach ris an òigrìdh anns a' *chlass*  
 Bhiobuill air na ceistean so, oir tha iad ann an  
   inntinnsean na h-òigrìdh an diugh, agus ann an  
   inntinnsean dhaoine a thàinig gu aois cuideachd.

## Aig an Uinneig

### Mu sgriobhadh Gàidhlig

ANNS an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn mu sgriobhadh Gàidhlig ach b' fheudar dhomh sgur m' an d' fhuair mi na bha mi dol a ràdh a chriochnachadh. Theirinn ri sgoilearan òga a tha töiseachadh air Gàidhlig a sgríobhadh, gun eagal air bith a bhi orra roimh na daoine sin a bhios a' faotainn coire dhaibh air son a bhi ag uisneachadh facail Bheurla 'nuair nach 'eil facal Gàidhlig aca a tha freagarrach. Nach mò ciall na cainnt ? Mur dean an neach a sgrìobhas an ni a tha e ag ràdh soilleir d'a luchd-leughaidh ciod am feum a tha ann dha a bhi a' sgríobhadh idir ? Mur tuig daoine anns a' mhionaid na tha e ag ràdh ciod an tairbhe ged b' urrainn e a ràdh nach d' uisнич e aon fhacal ach facal Gàidhlig ? Theirinn a' chomhairle so, ma ta, air sgríobhadh-adairean òga, leigeil leis an t-seòrsa dhaoine so a bhi bruidhinn, eisdeachd riu gun an cluinnitinn. Ach air a shon sin theirinn riu cuideachd gu'm bu chòir dhaibh a bhi cinnteach nach 'eil facal Gàidhlig ri fhaotainn m' an cuir iad facal Beurla 'n a àite. Tha ceudan a dh' fhacail ann an Gàidhlig nach aithne dhuinne, facail a bhiodh freagarrach dhuinn ionadh uair na 'm b' aithne dhuinn iad. Is e ar n-aimeolas féin as coireach gu'm feum sinn iasad a ghabhail o'n Bheurla cho tric. Ach a thaobh nithean ùra nach buineadh do'n t-seann t-saoghal anns an tàinig a' Ghàidhlig gu ire chan 'eil cothrom aig na h-eòlaich ach mar tha aig na h-aineòlaich. Cò ach duine gun ghrinneas air a làimh a sgríobhadh *Pol-a-ghrùthain* an àite *Liverpool*, no *Inneal a' Chraobh-sgaoilidh* an àite *Radio* ? Thug mi fhéin an *labhran-sìth* air an inmeal-gun-fhois so, ach tha mi an duil gun stad mi dheth, agus gu'n abair mi an rud as giorra,

*Radio* ; facal a thuigeas a h-uile duine air an t-saoghal, o Chille-sgumain gu California.

(1) Mar sin theirinn ri sgríobhaidearan òga, gun làire no eagal a bhi orra facail Bheurla uisneachadh. Chan 'eil ann ach call-iùine a bhi *deanamh* fhacal as ùr ma tha facial Beurla freagarrach no deiseil. Car son nach gabhamaid ri radio agus ri telegram, agus ri chemist, le ar dà làimh ? Ach tha e ceart feuchainn ri deise Ghàidhealach a chur air na facail Bheurla ma ghabhas sin deanamh.

(2) Theirinn riu cuideachd nach coire e ann an sgríobhadh Gàidhlig facail Bheurla de'n t-seòrsa a dh' ainmich mi a bhi ann, ma tha gnè agus gluasad, dreach agus blas na Gàidhlig anns an sgríobhadh. B' fheàrr leam fichead uair sgríobhadh air a bheil cumadh agus snas na Gàidhlig, ged bhiodh e air a bhreacadh le facail Bheurla, na sgríobhadh anns nach robh aon fhacal Beurla ach a bha slaodach, töiceil, agus duilich a thuigsinn, gun dad ann de dhlùth no de inneach na Gàidhlig.

### Earraghlaibh atmhor

Tha e furasda gu leòir Gàidhlig mhaith no droch Ghàidhlig aithneachadh air an dath, agus is e an fhòr chomharradh air droch Ghàidhlig gu bheil i gaothar atmhor, mar gu'm biodh am fear a sgríobh i a' saoilinn gur ann de theaghlaich Oisein e féin. Gheibhearr a' Ghàidhlig as fheàrr anns na sean-fhacail, agus a' Ghàidhlig as miosa ann am bàrdachd Oisein ; thàinig na sean-fhacail direach o chridhe an t-sluagh d' am b' aithne Gàidhlig, ach thàinig a' chuid mhòr de bhàrdachd Oisein á intinn ghaothar Mhic-a-Phearsoin. Bithidh a h-uile duine a' moladh bàrdachd Oisein a chionn nach 'eil duine idir 'g a leughadh. Ged nach

abair mi nach tachair sreathan maith agus samhlaidhean grinn ort an dràsd 's a rìs anns na leabhrachean ris an abrar bàrdachd Oisein, is fheàrr am beagan dhiubh na am móran. Tha iad gun snas gun chumadh, agus is duilich a thuiginn ciamar a fhuairean iad an clù a fhuairean iad. Fhuair iad clù am measg nan coimheach aig nach robh Gàidhlig, ach cha d' fhuair iad riabh e am measg nan Gàidheal féin; b' fheàrr leò-san òrain Rob Dhuinn agus Dhonnchadh Bhàin na ranntachd cheòthar Mhic-a-Phearsoin.

### A bheil so fior?

Ann am paipear-naidheachd air chor-eigin o chionn ghoirid bha e air a rádh gu bheil Alasdair Moffat Pender, air a bheil aithne gun èolas agam, agus fear-Pàrlamaid eile, air nach 'eil aithne no èolas agam, cho coimhlionta ann an Gàidhlig 's gu'n téid aca air labhairt ri muinntir nan Eileanan Siar mu gach gnothuch a thig air beulaibh na Pàrlamaid gun aon fhaca Beurla uisneachadh. Och, Och, sgiommag ma bha i riabh ann! Creididh mi gu bheil an dà dhuin-uasal so coimhlionta gu leòr ann an Gàidhlig, agus gu'm bu mhaith leòr an sluagh a thoileachadh le bhi a' bruidhinn Gàidhlig, ach gu'n tuigeadh an sluagh gu luath no gu furasda daoine a sheachnadh na facail *Tariffs*, agus *Pensions*, agus *Gold Standard*, agus *Stock Exchange*, agus *subsidy*, agus *Ramsay Macdonald*, agus a chuireadh facail neònach 'n an àite as an cinn fhéin, sin rud nach creid mi o dhuiu beò. Chan e nach gabhadh an rud deanamh ann an doigh mhaol, ach nach b' fhiach e a dheanamh. Theagamh gu'm feuchadh Clann an Fhraochis ris ach chan fheuchadh Mac Mhaighstir Alasdair ris. Bu chomhdheas leis-san facial Beurla ri facial Gàidhlig ma bha e a' freagairt air.

Tàirneanach a' *bhombh* 's a *chanain*  
Sgoileadh e 'n talamh le chruas.

Bha *Richard's Robin*, brù-dhearg  
Ri seinn 's fear dhiubh 'na bheus.

### A' Ghàidhlig anns na sgoilean

Tha barrachd de dhaoine òga ag ionnsachadh Gàidhlig anns na bliadhnanach so na bha riabh ann, is tha luchd-teagaig as fheàrr air an ceann na bha ann o chionn fichead bliadhna. A thaobh 's gu bheil an teagast sin air a thoirt do'n òigradh a tha anns na h-àrd-sgoilean, agus

a tha dol air an aghaidh na's fhaide anns an ionnsachadh (co dhiu móran dhiubh) thig obair nam maighstirean-sgoile gu buil mhaith uair-eigin. Ann an Earra-Ghàidheal tha dà cheud is ceithir deug air an teagast ann an Gàidhlig anns na sgoilean as mothà; anns an Oban, an Ceann Loch Gilb, am Bogha Mór, an Còrnag Mhór, an Tobar Mhoire. Chan 'eil Gàidhlig idir air a teagast an Ceann Loch, no ann an Dun-omhain. Tha an ceann-toisich aig an Oban le suas ri ceithir fichead sgoilear.

Chan 'eil duine idir ag ionnsachadh Gàidhlig air tir-mór mu thuath air Ionar-pheofharan, far a bheil trì sgoilearan deug air an teagast an Gàidhlig. Tha aon deug ann an Ullabul, ach mur bhitheadh Sgoil Mhór Stèornabhaigh bhiodh siorramachd Rois fad air dhereadh. Tha suas ri ochd fichead sgoilear ann an Stèornabhaigh ag ionnsachadh Gàidhlig a leughadh agus a sgriobhadh, aireamh as mó na tha ann an sgoil eile an Albainn. B' àbhaist do'n fhearr nach maireann am Morair Leverhulme a bhi ag rádh, gur ann air a' mhuij a bha dòchas Leòdhais. Ach tha òigradh Leòdhais an diugh a' cur an dòchais ann an Gréigis agus an Gàidhlig, is tha iad ceart. Is ann le Gréigis agus le Gàidhlig a tha Leòdhasaich an diugh a' sealbhachadh na talmhainn. Fàgadh mi am facial so gun chriochnachadh, oir tha fhios agam gu'n críochnach droch Sgitheanaich e.

Ciod air bith dearbhadh a chuirear orra tha siorramachd Ionar-nis daonan air thoisearch air càch a thaobh Gàidhlig. Anns na seann làithean bha a thrì uiread de bhàird mhaithe ann an Ionar-nis 's a bha anns a' chuid eile de 'n Ghàidhealtachd uile gu léir, is cha mhòr nach ann do Ionar-nis a bhuineas an dara leth de 'n chloinn a tha faotainn leasan Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd an diugh. Is e an aireamh uile gu léir seachd ceud is deich ar fhichead, ach tha corr agus trì cheud gu leth dhiubh an siorramachd Ionar-nis; ceithir fichead is naoi am Port-righ; leth-cheud anns an Tairbeart; ochd ar fhichead anns a' Ghearsadan; ochd deug ar fhichead am Bagh-a-Chaisteil; ceithir ar fhichead 's an Athleathann; dà fhichead an Dailibrog; ceithir ar fhichead an Dùn-bheagain; ceithir ar fhichead an Academy Ionar-nis, naoi ar fhichead am Peaball, is naoi an Cinn-ghiùthsaich.

## An Fheadhainn nach maireann

Iain A. Mac Rath, M.A.

THA muinntir Obar-pheallaidh a' caoidh an Urramaich Iain A. Mac Rath, M.A., a bha 'na mhiniestear ann an Eaglais Bhràghaid Albann o'n bhliadhna 1884. Bhuineadh e do

thaobh shiar Rois; cha robh e riabh os cionn coimhthionail an àite eile ach an Obar-pheallaidh, far an robh e air a shuidheachadh goirid an déidh dha a bhi mach as a' Chollaist.

Bha e 'n a aodhair dichiollach, 'n a shear-

monaiche soisgeulach agus dùrachdach, agus anabarrach measail aig a' choimhthional fén. Bha e fhéin agus a bhean comharrachte ann an seana Chléir na h-Eaglais Shaoir air son an saothrach agus an dilseachd ann an craobhsgaoileadh an t-soisgeil anns na dùthchanna thall. Bu duine eudmor saothrachail e ann an seirbhis Chriosd; bha e air a thogail ann an dòighean agus ann am beachdan nan seann dañois ris an abrar "aithrichcean Rois" is lean e 'n an ceuman gu là a' bhais. Bha meas againn uile air Iain A. Mac Rath ann an Cléir Dhùn-chailleann.

### Dùghall Bell

Thàinig am bàs gu h-obann air an Urramach Dùghall Bell, ministear Lios-mór agus e a' deanamb deas a dhol gu coinneamh do'n Oban. B' aithne dhomh ri fhaicinn e, ach b' e sin uile e, ach tha mi an dùil gu robh e ann an Cill-an-inbhir agus Cill-nheilaird m' an deachaidh e do Lios-mór. Bha coltas réidh socrach air, is

bha de earbsa aig muinntir Lios-mór ann 's gu'n do chuir iad air Comunn-riaghlaidh na Siòrramachd e. Bha e 'n a dhuine sàmhach nach milleadh a shith fén no sith dhaoine eile le usaид no stri. Bithidh muinntir Lios-mór 'g a ionndrainn.

### Tomas S. Cargill, B.D.

Thàinig am bàs gu h-obann an là roimhe air ministear eile, an t-Urramach Tomas S. Cargill, B.D., an Cromdhail, an cléir Obar-neithe. Bha Tomas Cargill 'n a sgoilear maith, agus 'n a dhuine geur-inntinneach is deas-bhriathrach. Ged nach 'eil Gàidhlig a nis air a searmonachadh ann an Cromdhail b' àbhaist do'n sgìr so a bhi air a cunntas am measg sgirean Gàidhealach. Is ann innte a bha Iain Mac Comhann, mac do'n t-seana mhaighstir-sgoile a bha cho measail an Airdnam-murchann, is theagamh gu bheil cuimhne aig euid de na leughas so gu'n do shiubhail Iain Mac Comhann e fén gu h-obann an Dùn-éideann an 1909, agus e aig an Ard-Sheanadh.

## Anns a' Choille Bheithe

**N**A'N robh Mairearad Màiri Leigh cho maith air tuathanachd 's a tha i air sgríobhadh cha ruigeadh i a leas Ach-nam-bò fhàgail. Ghabh i an t-àite aig a' Bhealltuinn 1933, ach eadar nach 'eil grunnad chaorach ann, no feansachean a chumas a crodh fhéin a stigh no crodh nan coimhersnach a mach, agus nach b' urrainn dhi an obair a dheanamh gun seirbhisich a phàigheadh, cha robh Ach-nam-bò a' paigheadh, is tha i dol a mach as.

Tha so uile air innseadh ann an leabhar a chuir i a mach o chionn ghoirid, *Highland Homespun* (a phris, ochd is sé sgillinn), leabhar mu'n Ghàidhealtachd as fheàrr a chunnaic mi o chionn iomadh là. Chan 'eil críoich aig na leabhraichean a tha air an sgríobhadh mu'n Ghàidhealtachd an diugh, ach chan 'eil anns a' chuid mhór dhiubh ach brochan tana, is b' fheàrr dhuit t' airgiot a chur ann an Almanac Whitaker na annta.

### Peann no Crann

Ach chan ann mar sin a tha an leabhar a sgríobh Mairearad Leigh; tha e làn de nithibh maithe, air an toirt á tobar a breithneachaidh fén agus chan ann á leabhraichean dhaoine eile. Tha inntinn làdir is sùil gheur aice, agus a thuilleadh air sin tha ealadhain aice air sgríobhadh. Ged nach abair mi gur fheàrr am peann na 'n crann, b' olc an airidh gu'n cosdadh té air bith d' an aithne sgríobhadh mar is aithne do'n bhoirionnach so, no aig a bheil seanchas anns a bheil tûr agus bladh mar tha 'n a seanchas-se, iùine ri treathlaich

a dheanadh balach-buachaille no caileag-shearbhanta na b' fheàrr, an àite a bhi sgríobhadh. Thug an leabhar so uiread toileachaidh dhomh fhéin 's gur gann is urrainn dhomh bruidhinn uime gun dol thar na cailce. Is e bean-usasal a tha ann am Mairearad Leigh, air a togail agus air a h-àrd-oileanachadh ann an Sasunn ann an dòigh nach 'eil a réir gnàths nan croitearan, ach thionndaidh i a cùl ris an t-saoghal sin, is thàinig i do Ach-nam-bò a dh' oibreachadh fearainn le a làmhan fén agus a thoirt a beò-shlàint as an talamh.

### Gaol an talaimh

Car son a riun i sin? Tha i fhéin a' freagairt na ceiste anns an leabhar so, ach bu cho maith dhuit fhoighneachd car son a bhios aon duine ag òl uisge-bheatha gus am marbh e e fén leis, no duine eile a' fàgail uile chomhfhurtachdan an t-saoghal, bean is clann is blàthas an teine, a dhol air ghaisge agus a dh' fhlolang cruadail, ag iarraidh a' *Pole* mu thuath, no fear eile g a thacadh fén ag iarraidh gu pullach Beinn Everest. Tha, a chionn gu bheil e 'n a tlachd d' an anam sin a dheanamh, agus gu bheil iad a' freagairt guth is gairm làdir a tha 'n an cridhe fén. Ged tha mac an duine a' tighinn beò air aran, cha tig e beò air aran a mhàin. Tha Iain Ruskin ag ràdh gu'n do chuir Dia an cromlus (poppies) anns an arbhar a leigeil fhaicinn do dhaoine nach ann air son an itheadh a tha a h-uile rud a tha fàs. "Ma tha dà bhuiliomn arain agad," arsa Mahomet, "reic fear dhiubh agus ceann-

aich dòrlach fhlluraichean." Tha aran diomh-air aig a h-uile duine nach aithne do dhaoine eile ; guthan 'n a chridhe 'g a ghairm an sud agus an so air dhòigh a chuireas ionghnadh air daoine eile. Mar sin tha e glie do'n h-uile duine leigeil le comhairle a chridhe féin seasamh, agus dol a mach air ghaisge mar rinn Abraham, co dhiubh is e a cheann-uidhe Beinn Everest, no Ach-nam-bò, no àite air bith eile air an ruig e le chruas, le luaths, agus le làidireachd féin.

### An Sòlas buan

(1) Bheir gaol an talaimh barrachd sòlais do chridhe mhic an duine na bheir rud air bith eile, is e sin r'a ràdh, rudan eile a ghabhas coimeas ris. Cha bhiodh e ceart gaol an talaimh a choimeas ri gaol do mhnathna no do phàisdean, ach bheir gaol an talaimh dhuit togail cridhe is aoibhneas buan nach fhaigh thu bho ghlòir an t-saoghal, no bho mhalaирtean a' mhargaidh, no bho chàrnadh suas storais. Tha seòrsa dhaoine ann a bhiodh air an nàrachadh gnothuch air bith a bhi aca ris an talamh ; cha toigh leò ùir na talmhainn fhaicinn air am brògan, no àileadh na talmhainn a bhi as an làmhan. Sin na daoine a tha air an sgeadachadh ann an eudach mìn agus a chaitheas an àineann an seòmraichean nach 'eil daonnan rioghail. Chan aithne do

mhuinnitir a' bhaile mhóir gu ceart car son a thug Dia sròn do mhac an duine, oir anns a' bhaile mhór chan urrainn duine sòlas a dheoghal a steach le shròin, ciod air bith a mhosaiche a dheòghlas a e steach leatha. Ach anns an dùthaich tha sròn duine a' fosgladh dha gun sgur seòmraichean diomhair an aoibhneis. Ma tha duine ann an deagh shlainte agus cuinnlean geur aige, agus ma theid e a mach tràth anns a' mhaduinn, agus a' mhaduinn ciùin ann an toiseach an t-samhraidh, bheir a shron dha duais na moch-éirigh, ionmhas nach b' urrainn banca Shasuinn a thoirt dha.

(2) Chan 'eil obair ann a tha cho nàdurra do dhuine ri bhi ag oibreachadh fearainn oir b'e àithne Dhe do'n duine ann an tùs a thòiseachaidh an talamh a ruamhar. Tha dà obair ann a tha daonnan uasal agus nach fas gu bràth suarrach, an tuathanachd agus an t-saorsainneachd, an obair aig a' cheud Adhamh agus an obair aig an dara Adhamh. Tha e car duilich a thuiginn car son a shaoileas daoine gu bheil e na's uaisle a bhi reic 's a ceannach na tha e a bhi cur 's a buain. Theagamh gu bheil e na's buannachdaile, ach chan 'eil e na's toilinn-tinniche agus idir idir chan 'eil e na's uaisle.

*(Re leanfhuinn)*

## A nis mairidh gràdh

**G**ED bheirinn do na feumanaich  
Mo dhéirc is m' uile mhaoin,  
'S mo chorp ged loisgt' 'n a iobairt e.  
Air son na firinn naomh ;  
Bu diomhanas an t-eud sin dhomh,  
Cha dean e feum no brigh ;  
Is mi gun ghaol 'n am anam  
Chan 'eil gealladh dhomh air sith.

Chan 'eil an gaol so-bhrosnuchaidd,  
Is olc cha smuainich e.  
Cha dean e ni mì-chiatach, is  
Chan iarr e thairbhe féin ;  
Air eucoir ni e dimeas ach  
An fhìrinn 's i a mhiam,  
A' deanamh innte gàirdeachas,  
'S i chuspair gràidh gu sìor.

Gu foighidinneach giùlainaidh,  
Gàch cuìs a thig 'na dhàil,  
Is creididh 'n gaol na h-uile ni,  
'S co urramach a chàil ;  
Bidh dòchas aige daonnan ris  
Gach aon ni ghealladh dha,  
Is fuilgidh e le ciùineachas,  
Gach ciùrradh agus cràdh.

Air teangaidhean thig fàilgeadh,  
'S air faidh' dearachd thig crioch,  
Is caithidh gibht is eòlas as  
Mar cheo a bhiodh air slabh ;  
Ach gaol is ni neo-chriochnach e,  
Bhios siorruidh buan gu bràth,  
Oir 's ann an uchd na Trianaide  
O chian a ghin an gràdh.

Cha luidh aois no tuar a bhàis  
Air mais' is buaidh a' ghaoil ;  
'Se 'n gràs a mhàin a bhuanacheas  
A bhos is shuas farao ;  
Cha dean e uaill no ràiteachas,  
'S gu bràth cha séidear suas ;  
An gaol tha mìn is macanta  
Tha thlachd a ghnàth an truas.

Bi thusa nis a' rannsachadh,  
An d' rainig ort-sa maoin  
De 'n dàimh sin tha fior charthannach,  
Ro thairiseach is caomh ;  
Tha 'n fhìrinn naomh a' sealachadh  
Gu bheil E féin 'n a Ghaol ;  
'S na h-uile ris an tòisich E,  
Bidh iad fadheòidh 'n an aon.



## Cliù ar Sinnsear

*Lionadh iad uile leis an spiorad Naomh*

*Bha na h-uile nithean aca coitcheonn*

*Bhuanaich iad a dh'aon inntinn anns an teampall*

*Bha iad làn de chreideamh :—GNÒMHARAN.*

THA a h-uile duine anns a' Ghàidhealtachd Tèòlach air an fhacal so, *Lean-sa dlùth ri cliù do shinnsear*; facal maith, oir tha e ceart do dhuine a thàinig o dhaoine onorach is clìuiteach a bhi uasal as na daoine o'n tòinig e, agus feuchainn ri bhi onarach agus clìuiteach e féin. Tha dà dhùchais agus dà oighreachd againn, ar dùchais agus ar n-oighreachd aimsireil agus ar dùchais agus ar n-oighreachd spioradail, ach i s ann a mhàin air ar dùchais spioradail a bu mhaith leam a bhi bruidhinn an dràsd, ar sinnsear spioradail ris an abrar na ceud chreidmich, no naoimh an Tiomnadh Nuaidh, no luchd-leamhnuinn nan abstol. Sin ar sinnsear; sinnsear as fhiach an cliù, agus an creideamh, agus an eisiomplair a leantuinn. Chan abradh na daoine ud naomh riu féin mar a their sinne; theireadh iad ri chéile Tertius, no Epaphras, no Rufus, no Epaphroditus, no ainm eile mar sin.

## Dlùth do Chriosd

Tha mi an dùil gur ann mar is dlùithe a gheibh sinn do Chriosd is fheàrr a thuigeas sinn an Creideamh Chriosduidh, agus ciod an seòrsa dhaoine a bu chòir dhuinn a bhith. Tha fhios agam nach aontaich na h-uile ris a' bheachd so, oir tha móran dhaoine làn chinnteach gu bheil diadhairean agus sgoilearan an là 'n diugh a' tuigsinn inntinn Chriosd agus teagasc Chriosd na's fheàrr na thuig Pol, no Peadar, no Philemon, no gin eile de na ceud chreidmich, e. Sin beachd ris nach gabh mi idir. Theagamh gu bheil iad a' tuigsinn nithean diomhair a tha air ionall a chreidmich, eadar an diadhaidheachd agus feallsanachd, na's fheàrr na na ceud chreidmich, a chionn gu bheil barrachd eòlais anns an t-saoghal an diugh na bha ann anns na làithean ud, ach b' aithne do na h-abstoil agus do na ceud chreidmich Chriosd, agus inntinn Chriosd, agus dòighean Chriosd, na b' fheàrr na's aithne do'n Ollamh W. R. Inge, no do Sir Seumas G. Friseil, no do Sir Seumas Jeans. Theagamh gu'n abradh an triùir sgoilearan sin gur falbh gun tòr so, ach tha e fior. Chunnaic na ceud chreidmich Mac Dhe le an sùilean, làn gràis agus firinn. Mar is fhaide a thatar a' falbh o linn nan abstol is ann is mò an cunnart gu'n caillear cuimhne air cruth agus air dealbh a' Chreidimh Chriosduidh.

Na'n robh thu air thurus ann an Ierusalem, no ann an aon de bhailtean na h-Asia bhig, deich bliadhna fichead an déidh aisceirigh Chriosd, agus na'n iarradh tu air cuid-eigin do sheòladh a dh' ionnsuidh na h-eaglais Chriosduidh theagamh nach tuigeadh e ciod a bha thu a' ciallachadh, no cò a bha thu a' sìreadh. Oir ged bha daoine maithe agus daoine diadhaidh ag aoradh do Chriosd anns na làithean ud cha b'aithne do'n t-saoghal iad fhathast mar "eaglais," ach mar dhaoine neònach a bha leantuinn Neach a bha air a cheusadh, agus a bha creidsinn gu'n d'éirich e a ris. Bha beatha naomh nan ceud chreidmheach follaiseach do'n t-saoghal, ach bha an aoradh an uaigneas. An uair a choimicheadh iad a dh' ùrnuiigh, agus a labhairt mu Chriosd, agus a sheinn laoidhean dha, bha na dorsan air an dùnadh.

"Labhair iadsan air an robh eagal an Tigh-earna gu tric ri cheile," chan ann mu na nithean air am bi sinne a' labhairt an diugh aig Cléir is aig Seanadh ach mu Chriosd; mu'n aoibhneas agus mu'n t-sith a chuir e 'n an cridhe, agus mu'n dòchas a bha aca nach b' fhada gus am faiceadh iad e a ris. Ged bhìtheadh iad a' leughadh a' Bhiobuill agus a' seinn shalm is e na naidheachdan a b' fheàrr leò na naidheachdan a bhìtheadh na h-abstoil agus daoine eile d' am b' aithne Chriosd ag innseadh dhaibh uime; naidheachdan a bha air an cruinn-eachadh an déidh làimhe le Marcus agus Lucas agus feadhainn eile, air eagal gu rachadh an call. Ged nach robh iad liomhhor no cumhachdach bha iad làn de chreideamh agus de'n Spiorad Naomh, dà rud as làidire na fudar. Ann am beagan àine chuir na daoine ciùin iriosal ud, aig nach robh inmeal no argumaid ach an creideamh agus an Spiorad Naomh a bha 'n an cridheachan, an saoghal bun os cionn. Chuir iad bun os cionn e anns an t-seagh so, gu'n d' atharraich iad beachdan agus smuainteann dhaoine eile gu buileach a thaobh nan nithean a b'fhiach dhaibh a bhi sìreadh, agus a thaobh críoich àraighe am beatha. An uair a tha smuainteann is rùinteann do chridhe air an atharrachadh tha thu ann an saoghal ùr; tha an seann saoghal anns an robh thu a' gluasad air a thilgeadh bun os cionn.

### Uasal agus glic

Bha na ceud chreidmhich blàth-chridheach agus coibhneil, caomhail ri càch a chéile. Mar dhearbhadh agus mar chomharradh air an caomhalachd thoir an aire mar thug iad maithseanas do Pheadar. Bha fhios aca uile gu'n do thuit Peadar ann an clàbar criadha tiugh an oidhche ud a mhionnaich e nach b' ann de chuideachd Iosa esan, ach ma bha, cha do thilg iad sin 'na aodann uair air bith. Cha b' urrainn a mhàthair a bu ghlice agus a bu chaomhaile a bhi na bu ghrinne ri a mac-ciche na bha na creidmhich eile ri Peadar. Bha iad làn de'n ghliocas a tha o shuas, an gliocas a tha sithein, agus ciùin, agus tràcaireach. Na'n do bhuin iad ri Peadar gu colgarra no gu cronachail theagamh gu'm bu chall mór do'n eaglais e. Anns na làithean ud dh'fheumadh misneach a bhi aig na daoine a bha ag aideachadh Chriosd, ach ged bha iad a' fulang geur-leanmhuinn, air an sgiùrsadh, agus air an cur am priosan, bha na ceud chreidmhich aoibheil sona, is tha e air a ràdh gur e cho sona 's a bha iad a b'aoibhar gu'n d' fhàs an àireamh lìomhhor ann an ùine ghoirid. Leis cho aoibheil sona 's a bha iad dh' aithnich an saoghal gu robh iad maille ri Criosd. An *gàirdeachas* a bha ann an cridhe nan ceud chreidmheach, tha sin ri fhaicinn gu soilleir anns an Tiomadh Nuadh. "An uair a shearmonaich Philip ann an Samaria, bha *gàirdeachas* mór 's a' bhaile sin." An uair a bha an cailteanach o Etiopia air a bhaisteadh, dh' imich e air aghaidh le *gàirdeachas*. An uair a bha Pol agus Silas air an tilgeadh am priosan ann an Philipi, agus am feoil agus an ènàmhan goirt leis an làimh-seachadh gharbh a rinneadh orra, *sheinn iad laoidhean* air a' mheadhon-oidhche.

### Am bràithreachas

Dh' fhaodainn leantuinn orm fad seachduin, ag innseadh mu choslas agus mo dhòighean nan daoine ud, agus mu'n bheatha naoimh agus mhaisich a bha iad a' cur romhpa, ach gus mo sheanchas a ghiorrachadh feumaidh mi ionradh a dheanamh air am *bràithreachas*, oir tha mi an dùil gur e sin an rud a bu chomharrachte ann am beatha nan ceud chreidmheach uile gu léir. Bha iad 'n an aon teaghlaich, 'n an càirdean d'a chéile a chionn gu robh iad 'n an càirdean do

Chriosd. Ma's éigin do roinnean teachd (thàinig roinmean ann an Corint gu maith tràth) is an-aoibhinn do'n duine sin troimh an tig roinnean. Bha na ceud chreidmhich air am baisteadh ach cha robh eaglais Bhaisteach aca; bha fairbhich aca ach cha robh eaglais Chléireachail ann; bha a h-uile coimhthional a' sealltuinn as déigh an cùisean féin ach cha robh eaglais *Congregational* ann, no eaglais Phàpanach, no eaglais Easbuigeach. Bha an aon eaglais farsuing gu leòr dhaibh uile, oir bha iad 'n an aon teaghlaich, *teaghlaich a' chreidimh*.

Chan ann do aon bhuidheann no do aon seòrsa dhaoine a bhuineas eaglais Chriosd ach do na h-uile, is bu chòir do'n eaglais Chriosduidh a bhi cho uasal, agus cho farsuing, agus cho mór-chridheach ri Criosd féin, agus a dorsan a bhi fosgaithe do gach seòrsa dhaoine. B' eu-coltaich Nicodemus agus Joseph o Arimatea ri Eoin agus Peadar, ach bha àite aig Criosd dhaibh uile 'n a rioghachd, is feum air an tàlantan a bha cho eadar-dhealaichte. Ann an eaglais nan ceud-chreidmheach bha nàimh-dean na Ròimhe agus seirbhisich na Roimhe air an aon ùrlar, agus na b' iongantaiche na sin, uachdarain-fearainn agus ragamain. Cha robh iad de'n aon intinn daonnan (cha bhi comunn anns a bheil beatha de'n aon inttim gu bràth) ach cha do mhill sin am bràithreachas.

### Toradh an Spioraid

Bha toradh an Spioraid ri fhaicinn 'n am beatha; bha iad teò-chridheach d'a chéile, ciùin, stuama, aoibheil, làn de chreideamh agus de'n Spiorad Naomh. Cha bu toigh leò mì-rùn, no farmad, no ana-cainnt; cha robh na nithean sin eadhon air an ainmeachadh 'n am measg. Ach bu toigh leò a bhi gnàthachadh aoidheachd, a bhi cuideachadh nam bochd, a bhi buanachadh ann an tìruigh, agus gu sònruichte bu toigh leò Dia, agus fhacal, agus a sheirbhis.

Sin, ma ta, na daoine o'n tàinig sinn, ar sinn-sear spioradail, agus ciod am falas as freagarr-aiche dhuinn uile aig toiseach na bliadhna àire na'm falas so, *Lean-sa dlùth ri cliù do shinnsir.*

Tha beatha dhaoine naomh 'gar teagasc  
Gu'm faod sinn uile stri ri euchd,  
Is air dhuinne siubhal dhachaidh  
Ceuman fhàgail as ar déidh.

### Anns a'

### Chathair

b'ann do cheann na té eile a rachainn an toiseach. Mar sin, air ghaol sìthe, gach uair a bhithinn a' tadhall orra, bhithinn a' feuchainn ri chuijmheachadh cò an dorus aig am buailinn an toiseach.

Bhithinn a' feuchainn ri 'n cumail o bhi a'

AIR oir a' mhonaидh ann an Cille-sgumain Abha tigh anns an robh dà sheana bhean a' fuireach, té anns gach ceann. Cha robh gaol an t-samhraidh aca d'a chéile, is bha uiread de mhiù-rùn agus de pharmad 'n an cridheachan 's gu'm bitheadh an dara té air a gonadh na'm

bruidhinn mu chàch a chéile, agus a' càineadh a chéile, ach cha robh sin furasd a dheanamh, oir bha barrachd is rud beag de'n olc anns an dithis. Cha chuala mi an dara té a' toirt a h-aimme do'n té eile riamh; theireadh iad "an té ud shòs." no "an té ud shuas." Bhiodh iad a' cur seachad a' chuid mhór d' an t-iùne a' farchluais air a chéile, is cha chuireadh an dara té car dhi fad an là gun fhios do'n té eile.

Ach is e a thug orm tarruung a thoirt orra idir, gu robh iad le chéile an dùil gu robh Ni-Maith a' dol 's an eadarginn anns an draochann agus an dramdan-cogaidh a bha eatorra. Na'm faigheadh cearc am bàs air té dhiubh theireadh an té eile gu sòluimte (ach gu toilichte) gur e breitheanas o Dhia a bha ann. Cha mhór uairean a thadhlaill mi riamh orra nach cuala mi mu bhreitheanas air chor-eigin a thug an Tighearna air té dhiubh; dli' ith measan beag coin a bha aig té dhiubh puinnsean a chuir geomair a mach air son radan, agus an ath uair a chaidh mi an Rathadh bha aileag air an té eile ag innseadh dhomh mu'n bhreitheanas a thug Ni-Maith air a banana-choimhearsnach "air son an diol a rinn mac-a-peathar air an uinneig agam le gunna-spùtaidh an oidhche a thàinig e 'g a amharc." B' aithne dhomh an duine ud gu maith, leth-sheann duine cho ciallach stòlда's nach do rinn e cròn air neach eile riamh, ach bha am boirionnach làn de dhroch amharus. Bhithinn a' feuchainn ris an smuain mhi-naomh ud mu bhreitheanas an Tighearna a chur a mach as an cinn, ach bha e cho maith dhomh feuchainn ri Meall-fuar-mhonaidh a charachadh as a h-àite.

### Seann diadhairean

Tha am beachd so anabarrach làdir agus anabarrach cumanta am measg dhaoine aineo-lach, agus eadhon an measg dhaoine a fhuair sgoil, gu bheil Dia air an taobh féin; gu bheil e a' dol 's an eadarginn anns gach tuasaid shuarach a bhios eadar iad féin agus daoine nach toigh leò, agus a' toirt breitheanas orra.

Bha agus tha am beachd so làdir am measg nan Gàidheal, gu sònruichte anns an taobh Tuath; bha gnùis air a thoirt dha daonnan leis na diadhairean agus na ministearan ris an abhar "Aithriclean Rois", o Mhaighstir Lachlainn an Loch Carrann gus a' ghìlùn as fhaide a mach Agus tha gnùis air a thoirt dha gus an là an diugh anns a' Ghàidhealtachd agus ann an àitean eile le daoine maith. Ach air a shon sin is beachd neo-chriosdail e; ged tha freumh de'n fhàrrinn ann tha dà fhreumh de neo-fhàrrinn ann.

Gun teagamh tha Dia a' toirt breith air an t-saoghal agus air daoine gun sgur, oir is e laghannan Dhe a tha ag oibreachadh anns an t-saoghal agus a' toirt a mach an ceann-crìche.

*Is e ceartas agus breitheanas bunait do rìgh-chathrach*

*Is cruaidh slighe luchd-easaontais*

*Is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs*

*Ged dh' iadhadh làmh mu làimh cha bhi an t-aingidh gun pheanas.*

### Slighe luchd-easaontais

Tha na laghannan sin ann an aoraibh a' chruthachaidh cho diongmholta 's nach tig atharrachadh orra gu bràth, agus do bhrigh gur e na laghannan sin toil Dhe, agus gu bheil iad a' foillseachadh a nàduir agus fhàireantachd, tha a fior anns an t-seagh sin gu bheil Dia a' toirt breitheanas air daoine. Ach bhitheadh e eadhon na b' fhàire a rádh nach 'eil ann am breitheanas Dhe ach so, peacadh no aingidheachd dhaoine ag oibre-achadh gu an ceann-crìche féin. Tha sin a' dol air aghaidh gun sgur, is theid e air aghaidh gu bràth do bhrigh gu'n do rinn Dia an saoghal mar sin.

Tha móran dhaoine a' breabadh an aghaidh nan dealg a chionn gu'n d' fhuair iad a mach o phiosrachadh am beatha féin, "gu bheil slighe luchd-easaontais cruaidh," ach na'm faigheadh na daoine sin am miann dh' fheumadh an saoghal a bhi air a chruthachadh as ùr agus air dhòigh eile seach mar tha e, a' foillseachadh fireantachd Dhe. Tha e ceart gu leòr a bhi teagastg gu bheil Dia a' toirt breitheanas air daoine agus air rioghachdan anns an t-seagh shòluimte so, ach chan'eile ceart no iomchuidh a bhi toirt gnùis do sheanchas dhaoine nach 'eil a' tuiginn olcas is amaideas an smuaintean fein an uair a their iad gur e breitheanas Dhe a bha anns a' Chogadh Mhór a chionn nach robh muinntir Ghláschu a' coimhead na Sàbaid, no gu'n robh balach air a mharbhadh le carbad-ùilidh mar bhreitheanas air a phàrantach a chionn nach robh iad a' dol do'n choinneamh-ùrnigh, no gu robh neach eile air a bhàthadh a chionn gu'n do rinn na daoine a bhuiteadh dha sud no so.

Tha e leanabail a bhi smuaineachadh air Dia agus air freasdal Dhe anns an dòigh so, ach glé bhithante chan e leanabalachd a mhàin as aobhar dha ach mi-rùin, agus droch-amharus, agus farmad; am mi-rùin agus am farmad a bha ann an cridhe na dithis ud.

\* \* \* \* \*

Tha móran naidheachdan anns a' Bhiobull ag innseadh mu bhreitheanas a thàinig air daoine air son rud air choreigin a rinn iad. Bha na h-Iudhaich a' creidsinn ann am breitheanas, anns an t-seagh anns an robh na boirionnach ud a' creidsinn ann, a cheart cho maith ruinn fhéin. Tha cuid de na naidheachdan a gheibhear uime so glé dhuilich an

làimhseachadh, gun amharus a dhùsgadh ann an inntinnean amharusach gu bheilear a' cur teagaimh ann am Facal Dhe. Bu mhaith leam duine a tha 'n a *Fhundamentalist* a muigh 's a mach a' chluinntinn a' mìneachadh nan naidheachdan so, agus a' tarruing teagaing asda, (1) do chloinn, agus (2) do dhàoine a thàinig gu làn thugse; an naidheachd mu'n chloinn a bha air an reubadh le dà mhath-ghamhuin bhoirionn a chionn gu'n do ghlaodh iad, *Ceann-maol* ri Elisa (2 Righ ii. 23-24); an naidheachd mu sgrios Shodoim agus Ghomorrah (Genesis xix.); an naidheachd mu Ghehasi (2 Righ v.); an naidheachd mu Anamias agus Saphira (Gniomharan v.).

Tha fhios agam ciamar a làimhsichinn fhéin na h-earrannan sin de'n Sgriobtuir, ach ged tha urram agam-sa do'n Bhiobull mar Fhacal an Tighearna chan e Fundamentalist a tha annam, is bu mhaith leam Fundamentalist a chluinntinn 'g am mìneachadh, oir tha amharus agam nach biadh 'n a theagasc ach ceart bheachdan nam boirinnach olc ud, na'n seasadh e air an litir luim.

### Reubadh na cloinne

Tha e soilleir o'n dòigh anns a bheil an naidheachd so air a h-innseadh gu robh am fear a sgríobh i a' creidsinn, agus a' creidsinn 'n a chridhe agus 'na *coguis*, gur e Dia a thug breitheanas air a chloinn a chionn gu'n do ghlaodh iad gu miomhail as déidh an fhàidh, oir tha e ag ràdh, "mhallaich e iad *ann an ainm an Tighearna*, agus thàinig dà mhath-ghamhuin bhoirionn a mach as a' choille, agus reub iad a dhà agus dà fhichead duine cloinne dhiubh." Ach cha ruig ar *coguis* leinne an diugh a chreidsinn gu robh e ceart no uasal do'n fhàidh a chlann a mhallachadh, no gur e Dia a chuir na bruidean ud 'g an reubadh, a chionn gu bheil ar coguis air a' soillseachadh le teagasc Chriosd agus gu bheil eòlas as àird agus as cothromaire againn air Dia. Teagasc air

bith nach 'eil ag àrdachadh ceartas, agus glicias, agus caomhalachd, agus uaisle Dhe, sin teagasc ris nach urrainnear gabhail. Cha duine Dia, nach rachadh aige air srian a chur air a chorruich a chionn gu'n do ghabh balaich ghòrach far-ainm air a sheirbhiseach.

Chan 'eil so a' ciallachadh nach 'eil an naidheachd fior; tha dreach na firinn air a' chuid sin dhi a tha ag innseadh gu'n deachaidh a' chlann as déidh an fhàidh, a ghlaodhach *Ceann-maol* ris; gabhaidh e creidsinn cuideachd gu'n do ghabh am fhàidh an fhearg, agus gu'n do mhallaich e iad ann an ainm an Tighearna (ged nach robh sin uasal dha a dheanamh); theagamh gu robh cuimhne anns an dùthaich air reubadh a thachair a bhi air a dheanamh air cloinn aig an àm ud le dà mhath-ghamhuin fhiadhaich, agus a chuir crith air feòil dhaoine. Chan 'eil teagamh nach 'eil sin uile fior, ach is ann ann an inntinn an fhir a sgríobh i, agus a thòisich air an dara rud a chur ris an rud eile, a ghabh an naidheachd an car ceàrr, oir bha e fhéin agus a shinnsear roimhe a' creidsinn gu robh. Dia ag oibreachadh mar sud, agus a' toirt breitheanais air cloinn a chionn nach robh iad umhail d'am pártan, no siobhalta ri faidhean.

Chan abair mi nach robh so 'na oide-foghlum a threòrachadh dhaoine gu Dia ann an ògmhadaunn an t-saoghail; chan abair mi na's mò gu'n dean rud beag de'n mhaoidheadh so crón do chloinn, ma tha inntinn fhallan aca gu nàdurra, oir fasaidh inntinn fhallan á beachdan leanabail mar a dh' fhàsas clann fhallan as an aodach, ach an uair a gheibh thusa, a leugh-adair, freumh de'n inntinn ud annad fhéin a bha anns an dà sheana bhean ud, no ghicas tu thu fhéin a' smuaineachadh gur e breitheanas a tha ann o Dhia air do choimhearsnach gu'n do bhris e a chas, no gu'n do chaill e mart no each, no gu'n deachaidh a bhean aige as a chruachan, a chionn gu robh esan a' cluich air cairtean air là na Sàbaid, tha an t-àm agad do smuaintean mu Dia atharrachadh.

## Anns a' Choille Bheithe

**A**NNS an àireamh mu dheireadh bhà mi a' bruidhinn air leabhar gasda a bha air a sgríobhadh le Maireadar Mairi Leigh mu'n oidhirp a rinn i air tuathanachas ann an Ach-nam-bò. Ciod an comharradh air tuathanach maith? Theirear gu bheil duine 'n a thuathanach maith ma théid aige air buannachd a thoirt as an talamh; mar is mò a buannachd is ann is fheàrr an tuathanach. Theirear gu bheil duine 'n a thuathanach maith cuideachd ma tha e a' mathachadh an fhearainn; 'g a fhàgail na's fheàrr na fhuair e e, agus a' toirt

dà thunna feòir as an àite anns nach robh ach aon tunna a' fas roimhe. Tha eagal orm nach robh gin de na comharrайдhean sin ri fhaicinn air an tuathanachas a bha dol air aghaidh an Ach-nam-bò, ach mur robh, bha a' bhan-tuathanach a' faotainn sòlais agus toil-intinn as a beatha, agus ciod is fheàrr na sin? Theirinn-sa gur tuathanach maith duine air bith aig a bheil gaol air an talamh agus a tha faotainn sòlais d'a chridhe le bhi 'g a oibreachadh, is theirinn droch thuathanach ris an duine aig a bheil ealadhain air buannachd

fhaotainn as an talamh ach nach 'eil a' faotainn sòlais as ; a dh' fheumas dol do thigh-nan-dealbh a dh' iarraidh sòlais.

### Droch thuathanachd

Cha robh na Gàidheil riagh maith air oibreachadh an fhearainn, is chan 'eil iad maith air an diugh fhathast. Is fheàrr leò sealgaireachd, is ciobaireachd, is iasgach, no obair eile a ghabhas deanamh 'na greisean, seach a bhi air an ceangal ri spàgan croinn naoi uairean a h-uile là, agus sé làithean de'n t-seachduin. Is ann glé annamh a chi thu gillean òga as a' Ghàidhealtachd an Iar, no as na h-Eileanan an Iar, a' dol gu obair-fearainn anns an taobh Deas, ged a bhitheadh e furasda gu leòr dhaibh àite fhaotainn. Is fheàrr leò dol gu muir, no a dh' obair ann an *garage*, no greis a thoirt aig obair inntinneach eile, seach a bhi ag obair air an fhearaann fad fìnn foinneach na bliadhna, gun fhois gun tiobradh. Sin tràillealachd nach toigh leò idir is fàgaidh iad i gu toileach aig muinntir Obar-eadhain. Ach tha a' bhuil ri fhaicinn. Ma thèid thu air thurus do shiorramachd Obar-eadhain chi thu coltas na sgoinne air aghaidh na dùthcha ; achaidean glana, is tighean sgiobalta, is feansaichean is gàrraidhean 'n an seasamh. Ach ma thèid thu air thurus do'n Ghàidhealtachd, no do na h-Eileanan, chan 'eil e gu mùghadh c' àite, chi thu coltas na mì-sgoinne ; bealaich ann an gàrraidhean air an càradh le cinn-leapachan ; tuill ann an uinneagan air an lionadh le pocanna no le connlach ; buntàta air a thacadh le salchar, cairtean is innealan is acfhuinn a' sgailceadh fo'n ghréin far an d' fhàgadh iad a mach aig ceann iomaire, no a' dol as a chéile le eion peant.

### Uine gu leòr

Chan 'eil so a' ciallachadh gu bheil na Gàidheil na's leasga na daoine eile, ach faodaidh daoine nach 'eil leasg a bhi 'n an tàmh a chionn nach 'eil iad a' faicinn gu bheil dad ri dheanamh. Croitean beaga, agus droch shìd, agus cion dòigh, sin trì nithean a tha ag aobharachadh móran de'n mhì-sgoinn a chi thu anns a' Ghàidhealtachd. Saoilidh daoine a tha air an deagh dhòigh gur ann mar is miosa dòigh duine eile, agus mar is miosa an t-sid, agus mar is lugha a' chroit, is dichiollaiche a bu choir dha a bhith. Ach chan ann mar sin a tha ; bheir bochdaimh agus cion dòigh an cridhe á daoine an àite sprachd a chur 'n an iosgaidean. Nach tric a chì thu anns a' Ghàidhealtachd daoine làidir a' cur seachad cuiid mhaith de 'n latha, an druum ri balla agus an lámhan 'n am pòcanna, a' seanchas agus a' smogadh, mar nach robh dad ri dheanamh ! Na h-abair gur ann leasg a tha iad ; tha iad 'n an tàmh a chionn nach 'eil iad a' faicinn gu bheil dad ri dheanamh,

agus a' gabhail an t-saoghail gu réidh a chionn gu'm bi cuisean mar a bhithreas iad co dhiu air a' cheann mu dheireadh. Theagamh gu'm faiceadh stùl Obar-eadhanaich fichead rud a bha ri dheanamh, ach cha bhi an t-Obar-eadhach fhéin fada anns a' Ghàidhealtachd gus am fàs e coltach ruinn féin. Tha a' bhuaidh sin aig gaoth bhog bhùlath na h-àird an Iar air coigrich ; cuiridh a dh-eigin diomhair 'n an èmànhan agus 'n am ful a dh' atharracheas am beachdan agus an dòighean m' am bi iad fada 'n ar measg. "Ma dh' fhoighnicheas tu," arsa bean Ach-nam-bò, "de dhuiñe a tha ag obair dhuit anns an àite so an téid aige air an obair a chriochnachadh an tìne shòrnruichte seallaidh e ort le iongnadh, is freagraidh e gu réidh mìn." "Gu dé a' chabhag a tha ort ?" Theagamh gu'n abair e gu bheil aige ri dol gu tioldhacadh coimhearsnaich am màireach, agus an earar, ma bhiös là maith ann, gu'm feum e greis a thoirt a' gearradh móine còmhla ri Alasdair Iain, no dol a mach a chur lion còmhla ri Aonghus Sheumais, ach mar is trice chan abair e ach sud, "Gu dé a' chabhag a tha ort ?" ceist nach 'eil freagradh dhi ann. A cheart dhà-rìreadh, car son a bhitheadh duine ach duine gun chiall 'n a chabhaig ?"

### Cabbag nan Gall

Ged a thug i an aire do 'n fhàiling bheag so 'n ar luchd-dùthcha chan 'eil i a' bruidhinn umpa gu magail no gu tàireil ; 'na àite sin tha e furasd a thuiginn o'n leabhar so gu'm bu toigh leatha a coimhearsnaich. Ach bha fuil Shasunnach innte, is chan 'eil e furasda do Shasunnach an saoghal a ghabhail gu réidh. Tha na tha iad ag itheadh de fheòil a' cur uiread teas annta 's nach urrainn dhaibh suidhe gu sàmhach a sheanchas ; feumaidh iad a bhi ag obair ged nach biodh iad ach a' deanamh cron. Ach chan ann mar sin a tha na daoine agaíne ; bu chaomh leò riamh seanchas is céilidh is saorsa seach cuing agus crois na h-oibre. Agus co aige tha fhios nach 'eil iad na's glice anns a' chuid so na na Goill a bhiös a' call an sithe agus an analach le ro-chùram agus ro-chabhag ?

Tha an leabhar so làn de nithe maithe a chumas inntinn an leughadair air għluasad gun sgur ; tha rud-eigin air a h-uile duilleig a dh' iùraicheas do chuijmhe air cursa na bliadhna air croit anns a' Ghàidhealtachd an Iar, agus air na làithean sona a dh' fhaodadh a bhi aig daoine na'n toilicheadh iad iad fèin leis an t-sèorsa beatha a tha ri fhaotainn air croit. Ach tha eagal orm nach bi an öigridh toilichte le croit an diugh ; is maith leò airgiad ullamh a bhi aca, an tuarasdal fhaotainn Di-sathuirne, agus na feasgair a bhi aca mu réir. Cha fhreagair sin air croit.

### Diù nan tuathanach

Anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan tha móran chroitean a' tuiteam air seann seòladairean, daoine a dh' fhág an dàchaidh tràth agus a chaidh gu muir, ach a thill dhachaidh a ris a thighinn beò air a' chroit 'nuair a shiubhail an athair. Tha an seòrsa sin daonnan 'n an droch thuathanach. Bha cho maith dhuit cléireach no gualadair a chur air fearann riu. Na'n deachaidh iad a mach

air a' Ghalldachd 'n an sgalagan no 'n an treabhaichean, an àite dol gu fairge, bhitheadh e na b' fheàrr do'n chroit. Na'n cuireadh Bòrd an Fheàrainn cuid de'n airgiad a tha iad a' cosd air croitean ùra a theagasc na feadhnaich aig a bheil croitean cheana ciamar a bu chòir dhaibh an oibreachadh gu sgoinneil cha bu mhisd an dùthaich e. Tha móran de dhroch thuathanachd am measg chroitearan na Gàidhleachd.

### Dhia gleidh an rìgh

**I**S treasa tuath na tighearn, is treasa rioghachd na rìgh; a chionn gu bheil sin fior tha rìgh ùr air a' chrùin. Chan eil aobhar móran a radh air an duilleig so mu'n chùis; cha robh an rud air a dheanamh an uaigneas, is tha fhios aig a h-uile duine anns an rioghachd gur e a ghòraiche féin a chuir an rìgh bhàrr a' chrùin, a dh' aindeòin a' ghaoil a' bha aig daoine air, agus a dh' aindeoin gu robh e 'n a dhuine laghach, sunndach, gun mheud-mhór no spaglainn. Cha bu mhisd e féin ged bhitheadh e na bu mhórchuisiche na bha e.

Tha an t-àm aig duine a ràinig dà fhichead bliadhna fàs glic agus suidhichte, ach an àite fàs na bu ghlíce agus na bu shuidhichte na bha e 'n a bhalach, is ann a bha an rìgh a' fàs na b' aotruime, agus na b' fhaoine, agus na bu shuarr-aiche air na nithean a tha urramach is fionglan. Ach ged bha esan agus na gaotharain a bha timchioll air suarrach air na nithean sin bha a' chuid mhór de mhuinntir na dùthcha so air an nàrachadh agus air an goirteachadh gu robh e a' cumail suas ri té nach robh a bheag na b' fheàrr na bean Shamara agus a' cur roimhe a pòsadh. Anna na làithean so tha an dùthaich gu maith faidhidinneach agus fulangach ri beachdan neònach agus fasain neònach, ach sud rud nach fulaingeadh i eadhon do'n rìgh.

Mar sin rinn Mgr Stanley Baldwin agus a' Phàrlamaid an dleasdanas gu réidh ciallach, agus ged bha iad duilich air son an rìgh agus duilich nach gabhadh e comhairle, mheas iad gu'm b' fheàrr leo rìgh ùr a chur air a' Chrùn seach Crùn Bhreatuimh a chall an urrain agus an uaisle a bhuiñeas dha.

Tha an rìgh ùr 'n a dhuine glic cliùiteach; tha a' Bhàrnigh cho gasda ris fhéin, agus chan fhada gus am bi a' chàraid rioghail so air an suidheachadh ann am meas agus an urram an t-sluagh cho dionghmalta 's a bha athair agus a mhàthair. Agus fòghnaidh sin.

Na'm biodh iad glic ghabhadh a' ghineal òg rabhadh o na guthan a tha iad a' cluinniann anns na làithean so, agus gu sònrichte a' chuid sin dhiubh a tha an dùil nach ruig iad a leas géill a thoirt do lagh air bith no do fhasan air bith ach an lagh agus am fasan a chòrdas riu féin; an òigradh a tha dol mu'n cuairt dearg rùisgte, agus a' deanamh uaill as an lomnochd; fir agus mnathan ag òl agus a' smogadh, a' dannsadh agus a snàmh còmhla, mar gu'm bu ghaisge dhaibh a bhi dol air mhire gun bheusalachd; na'n robh iad glic chitheadh iad, ged thatar 'g am fulang, gu bheilear 'g am fulang mar gaotharain amaireach anns nach 'eil fearasal no banalas, agus air a bheil daoine ceart a' deanamh tair 'n an cridhe.

### An Fheadhainn

**A**NN an November thàinig am bàs air triùir Amhinstearan Gàidhealach; air dithis dhiubh gu h-aithghearr.

### Dòmhnull Dòmhnullach

Ged bha mise agus Dòmhnull Dòmhnullach air ar n-àrach anns an aon eilean cha robh eòlas idir agam air, is tha mi an dùil nach do thachair sinn riamh air a chéile. Bha e air oilleanachadh ann an Collaist Ghlaschu, is chuir e seachad a' chuid mhór d'a mhiniestrealachd am Port-na-h-abhann an Ile. Bho chionn ceithir no còig de bhliadhnanachan bha e air a ghairm do sgir a dhùchais, Himpol, an Tiriodh; comharradh maith gu'm bu toigh leis an t-sluagh e. Thàinig am bàs air gu h-obann.

### nach maireann

#### Coinneach Mac Ritchie, B.D., F.S.A.

Leòdhasach a chuir seachad a' cheud chuid d'a làithean a' teagasc ann an sgoil. An sin chaidh e do Chanada, far an robh e air ullachadh air son na ministrealachd an Collaist Knox, an Toronto. Shaothraich e ann an eaglais no dhà an Canada m' an tàinig e air ais do'n dùthaich so. Bha e air a shuidheachadh anns an eaglais Shaoir Aonaichte, an Torryburn, ach an sin chaidh e do sgir Lairg, an Cataibh, far an robh meas mór aig a choimhthional fhéin, agus aig coimhearsnach, air. Bha e 'n a sgoilear maith agus 'n a mhiniestear maith; sunndach agus báigheil 'n a nàdùr agus 'n a dhòighean. Bha uigh aige ann an iomadh rud a thuilleadh air fhòr obair fhéin; ann an riaghlaigh sgoilean,

ann an seann eachdraidh, agus ann an gàirnealaireachd. Cha robh e tim a chòr làithean.

### Dùghall Mac Gilleathain

Ileach a bha air oileanachadh an Oil-thigh Għlaschu agus air a shuidheachadh an Ceann Loch Speiblhe, am Muile, an 1888. A Muile chaidh e do Hinipol, an Tiriodh, an 1890 ; dh' fhàg e Tiriodh is chaidh e do Gheàrr-loch an 1906 ; an 1914 dh' fhàg e Geàrr-loch is chaidh e do sgír Albhaidh, an Cléir Obar-neithich. Bho chionn dhà no tri bħaliadhnachan bħris air a shláinte is leig e dheth a dhreuchd. Bha e còig deug is trì ficehead a dh' aois.

B' maithne dhòmh-sa Dùghall Mac Gilleathain gu maith, is cha robh mόran mhinistearan anns an eaglais air an robh barrachd meas agam ; duine maith, agus duine gruundail, agus duine air an robh coslas a dhreuchd daonnan. B'e an rud a bu mhiosa a rinn e riamh Tiriodh fhàgail (far an robh gean-maith agus eluas na dùthcha uile aige) a dhol suas do Gheàrr-loch far nach robh e ach mar ghùth ag éigheach anns an fhàsach. Bha e 'n a mhinistear soisgeulach agus 'n a fhear-teagaisg òrdail ; is bha e fhéin agus a bhean le chéile anabarrach eudmhor ann an obair na h-eaglais, gu sòrnachite am measg nan Gàidheal anns na bailtean-iascaich.

### Alasdair Mac Gilleathain, B.D.

Goirid an déidh dhomh sgrìobhadh mu'n triùir a dh' aimpich mi thàinig naidheachd-bàis an Urramaich Alasdair Mac Gilleathain, B.D., an sgír Dheibhidh, an Ionar-nis, agus gun dùil

rithe ; aon de na ministearan Gàidhealach air am b' eòlaiche muinntir Għlaschu.

Ged a rugadh e ann an Srath-churra b' e leth Thirisdeach is leth Chollach a bha ann a thaobh a dhaoine. Bha e air oileanachadh ann an Collaist Għlaschu ; air a shuidheachadh anns an Tairbeart an 1910 ; trì bliadhna na dhéidh sin chaidh e do Shettleston, an Glaschu, far an do shaothraich e naoi bliadhna. An 1922 fuair e gairm do sgír Dheibhidh, far an robh bràthair-a-mhàthar, Alasdair Stiùbhard, 'n a mhinistear roimhe. Do dhuine a bha naoi bliadhna ann an Shettleston (aite ris nach do theòigh mo chridhe riamh a chionn gu'n do mharbh e Eachunn Mac Fhiongħu) bha Deibhidh mar a tha aċarsaid Thobar Mhoire do bhàtaicean a bha mach ri an-uair anns a' Chuan Bharrach.

Bha Alasdair Mac Gilleathain 'n a fhearr-labhairt maith ; bha dòigh-labhairt agus dòigh-sgrìobhaidh dha fhéin aige, dòigh-sgrìobhaidh a bha a' córdadh ris na Goill anabarrach maith. Bho chionn bħaliadhnachan chuir e a mach cuid d'a shearmino ann an leabhar, is bha an leabhar sin air a mħolad le iomadh seòrsa dhaoine. Bho chionn mios no dhà bha cuid d'a obair ann an duilleagan Beurla an leabhair so, is theagħam gu'm bi e a' labhairt ann air an ath mhios cuideachd, ged tha e marbh.

Cha robh ann ach duine òg ; òg ann an sùilean mo ghineil-sa eo dhiù ; na 'n d' fluair e sineadh làithean bha e dol a thoirt tuilleadh d'a obair am follaïs.

Bha e daonnan eudmhor air taobh a dhùthcha agus cainnt a dhùthcha.

## Aig an

### Moderàtor na h-Eaglaise Saoire

**B**HA móran ann an Eaglais na h-Alba toilichte (mi fhéin 'n am measg) an uair a chuala sinn gur e an t-Ollamh Dòmhnull Mac Gilleathain, an Collaist Dhùn-eideann, a bha air a shòn-rachadh leis an Eaglais Shaor gu bhi 'n a Cheann-suidhe anns an Ard Sheanadh am bliadhna. So an dara uair a chuireadh an t-urram sin air, is chan 'eil duine eile anns an eaglais as fheàrr an airidh air, oir tha e fhéin agus an t-Ollamh Iain Mac Leòid, agus an t-Ollamh Alasdair Stiùbhard, anns an Eaglais Shaor mar bha an triùir dhaoine treuna a bha aig Daibhidh.

Tha e 'n a thoileachadh do mhuinntir na Gàidhealtachd gu sòrnachite, a chionn gu bheil Dòmhnull Mac Gilleathain 'n a fhear-dùthcha maith agus 'na sgoilear maith, eòlach air eachdraidh agus air cainnt ar sluaigh.

Co aige a tha fhios, an uair a thòisicheas e fhéin agus an t-Ollamh Dùghall Mac Phàrlain air am beic a dheanamh do chàch a chéile, nach ann a théid iad troimh na modhannan ann an

## Uinneig

Gàidhlig ! Ach ged tha gaol gu leòr agam-sa air a' Ghàidhlig tha rud eile ann a tha na's dòimhne 'n am chridhe na gaol na Gàidhlige, gaol na h-eaglais agus cor na daidhaidheachd anns a' Ghàidhealtachd. Na'n rachadh aig Dòmhnull Mac Gilleathain air an Eaglais Shaor agus an Eaglais Shaor Chléireachail a tharruing ri chéile, air chor agus gu'm bitheadh aon eaglais anns a' Ghàidhealtachd na's lugha na tha ann, gheibheadh e beannachd dhaoine maithe ann an Eaglais na h-Alba a thuilleadh air beannachd a dhaoine féin. Agus na b' fheàrr na sin uile gheibheadh e beannachd an Tighearna.

A bheil fhios agad, a leughadair, cia meud seòrsa eaglais a tha ann an Ceann Loch Gilb ? Tha, seachd ; rud a chuireas 'n ad chuijmhe àite eile a tha an Ceann Loch Gilb.

### Am balla-meadhoin

Ged tha Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor dùlh gu leòr d'a chéile a thaobh an teagaisg agus a' chreidimh a tha iad ag aideachadh, agus an t-soisgeil a tha iad a' searmonachadh, tha iad cho fada o chéile ann an

dòighean eile 's nach 'eil feum ann a bhi bruidhinn air an tarruing ri chéile anns a' ghineal so co dhiu. Chan e an aon inntinn a tha aig an dà shluagh a thaobh nithean eile nach buin gu ceart do'n Chreideamh no do'n diadhaidheachd idir, agus is e an dealachadh sin a tha eatorra 'n an gné, 'n an eachdraidh, 'n an oilean, agus 'n an inntinnean, a tha 'na bhalla-meadhoin cho àrd agus cho làdir eatorra 's nach bitheadh aum ach call-tùine feuchainn ri leagail.

Ach ged tha am balla àrd so eadar Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor chan àird am balla a tha eadar an Eaglais Shaor agus an Eaglais Shaor Chléireachail na 'n t-aosbrunn, ma tha e cho àrd sin fhéin, agus is mór an diobhail nach rachadh iad còmhla gu réidh sitheil.

### Smachd agus Saorsa

A thaobh an creud chan 'eil mùghadh mór air bith eadar Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor oir tha iad le chéile Pròstanach, agus soisgeulach, agus Cléireachail, ach a thaobh an inntinn agus an doighean tha iad gu maith fada o chéile, cho fada 's nach urrainn còrdadh eile a bhi eatorra ach a mhàin gean-maith d'a chéile agus deagh choimhairsnachd. Agus is mór sin fhéin.

Is e an fhòr aobhar air an dà eglais a bhi cho fada o chéile gu bheil an Eaglais Shaor a' cur cudthroim air *Smachd* agus gu bheil Eaglais na h-Alba a' cur cudthroim air *Saorsa*, dà rud a tha anabarrach duilich an tàthadh ri chéile. Chan 'eil so a' ciallachadh nach 'eil a leithid de ni agus *smachd* ann an Eaglais na h-Alba, no a leithid de ni agus *saorsa* anns an Eaglais Shaor. Tha, gun teagamh, ach air a shon sin, tha inntinn na dara té cho suidhichte air *smachd* agus inntinn na té eile cho suidhichte air *saorsa* 's gu'n aithnich thu an guth ged nach biodh fhios agad cò a tha labhairt.

Ma chluinnear ministear ann an Eaglais na h-Alba a' toirt bheachdan no teagastg as a chridhe no as a reuson féin nach robh aig na seann aithrichcean chan' eilear deas air a chasg no air a chronachadh ged nach bitheadh a bheachdan a' còrdadh ri bhràithrean, oir thatar a' creidsinn nach 'eil dòigh as fheàrr air lomnochd na bréige a nochdadhdh na toirt do'n t-solus. Criathraidi Tim an siol agus deal-aichidh e an cruithneachd o'n mholl, gun ghuth mór no droch fhacal. Sin an t-aosbhar gu bheil Eaglais na h-Alba a' leigeil an siubhail le ministearan a bhios ag ràdh nithean ùra mu na Sgriobturan, no mu Bhurgadair, no mu spioradaireachd, no mu ùrnughean air son nam marbh.

Ach chan e sin inntinn na h-Eaglais Shaor. Chan e mhàin gu bheil i ag iarraidh umhlachd do litir an lagha ach tha i ag iarraidh umhlachd do bheul-aithris nan seanairean, agus 'g a

iarraidh ann an cleachdaidhean dhaoine cho cinnteach 's a tha i'g a iarraidh 'n am beachdan. Na'n robh an t-Ollamh Tormod Mac Gilleanain anns an Eaglais Shaor, is fhada o bha e air a chur air stòl an aithreachais air son nithean a bhitheas e ag ràdh mu dhionaireachdan an t-saoghal eile, ach na'n spionadh i Mgr Tormod as an achadh cha bu mhaith leam a chreid-sinn gur e gas cogail a spion i. "Leigibh leò," ars' an duine glic, Gamaliel, "ma's ann o dhaoine a tha a' chomhairle so, thig i gu neo-bhrigh, ach ma's ann o Dhia a tha i, chan urrainn sibhse a' cur gu neo-bhrigh."

### Coit Ghartain

Is ann glé annamh a dh'fheumar eaglaisean a leigeil a mach an diugh a chionn gu bheil iad ro bheag do'n choimhthional, ach thachair sin anns an sgir ùir, Coit Ghartain, a bha air a cur air a bonaibh féin o chionn ghoirid, agus far a bheil an t-Urramach Dòmhnull Caimbeul a bha uair-eigin am Peitidh, agus 'n a dhéidh sin an Grianraig, 'n a mhiniestear. Is e Dòmhnull Caimbeul a ghabh àite an Ollaimh Dùghall Mac Phàrlain, ann an Comunn Gàidhealach na h-eaglais.

Bha Coit Ghartain air a gearradh á sgirean Dhaoghaill agus Obar-neithich, agus b'e a' cheud mhiniestear a bha air a shuidheachadh innte an t-Ollamh Donnchadh Robastanach, air an robh eòlas maith agus meas ann an Srath-Spéith o chionn deich bliadhna fichead, agus 'n a dhéidh-san (ann an 1934) an t-Urramach Dòmhnull Caimbeul. Bithidh móran choigreach a' dol do'n dùthach anns an t-samhradh, agus bithidh uiread dhiubh a' dol do'n eglais 's gu'm b' fheudar sgonn a chur rithe. Tha i air a h-ainmeachadh air Calum-cille; bha an eglais agus Tallà ùr air an coisrigeadh do aoradh agus do sheirbhis Dhe an deireadh an earraich so chaidh leis an Ollamh Iain Hall, an Dùn-éideann, is bha seachd foirbhich ùra air an cur air leth aig a' cheart àm.

A thaobh eglais Choit Ghartain faodar a ràdh gu bheil aice "là math agus soirbheas ciùin."

### Bliadhna mhaith ùr

Bliadhna mhaith ùr dhuibh uile a bhitheas a' leughadh nan duilleagan Gàidhlig so. Aig toiseach na bliadhna bithidh daoine coguiseach a' cur bhòidean orra féin, agus ag ràdh riu féin, Feumaidh mi sud no so a dheanamh am bliadhna nach do rinn mi an uiridh. Cuimhnichibh, mata, gu'm bu mhaith le fear-deasachaidh nan duilleagan so cuideachadh fhaontainn o neach air bith aig a bheil rud 'n a inntinn a bu mhaith leis a ràdh, is urrainn Gàidhlig a litreachadh car ceart, agus aig a bheil làmh-sgriobhaidh as urrainn clò-bhualtear gun Ghàidhlig a dheanamh a mach,



## Ar cupan o Dhia

"Tha mo chupan a' cur thairis." —SALM xxiii, 5.

ANNS an t-seann Tiomnadh tha am facal cupan air a chleachdadh ann an dòigh shamhlachail; a' ciallachadh, air uairean, aoibhneas is sonas, ach uairean eile, bròn is doilgheas. Tha an Salmadair agus na fàidhean a' labhairt mu chuibhrionn mhic an duine air thalamh mar an cupan a tha e a' faotainn o làimh an Tighearna. An diugh faoadaidh ar cupan a bhi län de shòlas agus am màireach làn de shearbadhas, ach is ann o làimh an Tighearna a tha iad le chéile. Is e sin fianuis nan naomh anns an t-seann Tiomnadh.

Nach neo-thaingeil sinn uile air son freasdal caomh an Tighearna! Is ann d'a choibhneasan gràidh nach 'eil sinn air ar caitheadh as, a chionn nach fàilnich a thròcairean. Tha iad nuadh gach maduinn, ach chan 'eil sinne a' toirt suime. Tha e a' toirt dhuinn ar bith 'na thràth, a' fosgladh dhuinn a làimhe gu fial, agus a' sàsachadh ar n-uireasbhuidhean làthail, ach chan 'eil òran molaidh 'n ar beul-ne mar bu chòir. An àite a bhi toilichte le ar crannchur tha sinn gearanach agus farmadach, a' sann-tachadh cuid ar coimhairsnaich. Sin toiseach na truaighe. Cha robb duine sanntach riamh sona agus cha bhi gu bràth. Is mò a miann na fheum. "Dh' fhògluim mi," arsa Pol, "cia b'e staid anns a bheil mi, a bhi toilichte." Chan e cumhannachd an crannchuir no cruas am beatha a tha deanamh dhaoine mi-shona, ach miann nan nithean nach 'eil aca. Na'n cunntadh iad na tiodhlacan a thug Dia dhaibh cho càramach 's a chunntas iad na nithean a tha 'g an dith, chitheadh iad nach 'eil an crannchur cho bochd 's a shaoil iad. Aig an duine aig a bheil intinn thoilichte tha cuirm a ghnàth, agus ma tha an diadhaidheachd maille ris an intinn thoilichte is buannachd mhór e. Ma dh' iarras sinne rioghachd Dhe agus fhireantachd faoadaidh sinn a bhi cinnteach gu'n coimhlichion Dia a ghealladh agus "gu'n cuir e na nithean so uile ruibh." "Bha mi òg," ars' an salmadair, agus a nis tha mi sean, gidheadh chan fhaca mi am firean air a thréiginn.

Car son, ma ta, nach biadh iantinn shoeruch is eridhe foisneachail aig sluagh an Tighearna a thaobh an cor saoghalta! Is le Dia an saoghal agus na tha ann, agus bheir e dhuinn an euibhrionn a tha feumail dhuinn de nithean amsireil. An t-aon againg as lugh a fhuair de mhaoin an t-saoghal so, fhuair e na dh' fhoghainn dha, agus barrachd mór 's a thoill e.

Ach ma tha maiteas an Tighearna d'a shluagh aithnichte ann an obair a fhreasdale nach mothà gu mór a tha a mhaiteas aithnichte ann an tiodhlacan a ghràis! An uair a smuinicheas tu air an tiodhlac a thug Dia dhuinn ann an Iosa Criod a mhae, nach h-abair thu le t'uile chridhe, "Tha mo chupan a' cur thairis." Tha cupan na slàinte air a lionadh le saoibhreas Dhe. Bheannaich Dia sinn leis gach uile bheannachd spioradail ann an Criod, oir tre fhuil-san tha saorsa againn, agus maiteanas ar peacaidhean, a réir saoibhreas a ghràis. Ann an Criod tha tobar a dh' uisgeachan bëò as am faod a shluagh tarruing gun sgur. "Is leibh-se na h-uile nithean; ma's e an saoghal, no beatha, no bàs, no nithean a tha làthair, no nithean a tha ri teachd; is leibh-se iad uile." Cò is urrainn sochairean a' Chriosduidh àireamh, no an lànachd a tha ann an Criod a thomhas! Annsan tha beatha do na mairbh, solus do na doill, saorsa do na pròsanaich, sith do'n choguis chiontaich, agus suaimhneas do'n chridhe bhriste. Annsan tha peacaich air an deanamh 'n an creatairean nuadh do Dia, 'n an teampuill do'n Spiorad Naomh, 'n an ginealach taghta, 'n an sagartachd rioghail, 'nan cinneach naomh. Ciod tuilleadh a their sinn? O, fad agus leud agus farsuingeachd na h-oighreachd bheannichte a tha aig sluagh an Tighearna! Tha cumhachd neo-chrìochnach 'g an dion, gliocas eugsamhail 'gan stiùradh, agus gràdh neo-chaochlaideach 'g an leantuinn. Tha an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh, a' comh-oibreachadh maille r'a chéile, gu bhi toirt dhaibh na buadha. O, cia mòr an taingealachd agus an gàirdeachas a bu chòir a bhi ann an anam na muinntir shaorta an uair a bheachd-smuinicheas iad air an t-saoibhreas gràis agus glòire a thug Dia dhaibh ann an Criod. Maitheanas peacaidh! Spiorad ceart an taobh a stigh dhiubh! Sith agus réite ri Dia! Saorsa o chorpa' bħàis! Ungadh an Spioraid agus gràs am pailteas! Sonas siorruidh! Beatha mhair-eannach! An uair a smuaineachas iad air meud agus maize nan tiodhlacan beannaichte sin, nach bu chòir dhaibh a ràdh, "Tha mo chupan a' cur thairis."

Mar a thubhairt mi cheana tha am facal cupan a' ciallachadh anns an t-seann Tiomnadh freasdal *milis* no freasdal *searbh*, ged is ann mar is bitheanta air freasdal caomhail is *milis* a tha naoimh an t-seann Tiomnaidh a' smuaineachadh

an uair a tha iad a' cleachdadh an fhacail ; ach anns an Tiomnadh Nuadh tha e a' ciallachadh mar is trice freasdal searbh. An uair a thubhairt ar Slànuighear ri Seumas agus ri Eoin, "a bheil sibh comasach air a chupan òl a tha mise gu òl ? ", bha e a' smuaineachadh air a' bhròn agus air an fhlangas a bha feitheamh air.

An uair a tha freasdal an Tighearna searbh agus ar cridhe goirt, c' àite no ciamar a gheibhearn comhfhurtachd is leigheas? Gheibh ann am Facal an Tighearna, agus ann an ùrnuigh. Gun teagamh tha ionadh ðòigh eile ann air cridheachan goirt aotromachadh, ach tha ar cobhair as làidire ann an Dia. Tha mi-eigin ann an cridhe mhic an duine a tha 'g a tharnuig gu Dia an uair a tha e 'n a éiginn, " Na bi-sa fada bhuam, oir chan 'eil neach eile ann a chuidicheas." An àm trioblaid agus deuchaimh fhuairean iomadh creidmheach faireachduin is dearbhachd air làthaireachd an Tighearna nach robh aca riamh roimhe, air chor agus gu'm faodadh iad a ràdh gu'n do threòraich e iad làimh ri uisgeachan ciùin. Tha daoine air an treòrachadh làimh ri uisgeachan ciùin 'nuair tha smuaintean naomha, iriosal, a' gabhail àite nan smuaintean ceannairceach agus ain-diadhaidh a dh' éirich 'n an cridhe an aghaidh freasdal searbh. " Ann an lòn-mhorachd mo smuaintean an taobh a stigh dhiom tha do chomhfhurtachd-san a' toirt solais do m' anam."

Ach mar a thubhairt mi cheana, co dhiubh a tha ar cupan a' cur thairis le meud ar n-aoibhneis no le meud ar bròin is ann o Dhia a tha e ; ar n-Athair a tha cothromach 'n a uile shlighean agus naomh 'n a uile ghniomharan, agus is e aon rùn a mhàin a tha aige-san 's an t-sealladh daonnan, sinne a dheanamh naomh. " Is i so

toil Dhe, eadhon bhur naomhachadh-se." (1 THESS iv. 3).

Ar n-ùrnuigh :

- " *An gabh sinn maith o làimh an Tighearn, agus nach gabh sinn olc?* "
- " *An cupan a thug e dhomh ri òl nach òl mi e !* "
- " *Rinn agus dhealbh do làmhan mi.* "
- " *Chrioslaich thu mi le h-aoibhneas.* "
- " *Bhris thu mo chnàmhan.* "
- " *Beannaich an Tighearn, O m'anam.* "
- " *Slàinte mo ghnùise agus mo Dhia.* "

Fhacaill-san :

- " An uair a shiùblhas tu troimh na h-uisgeachan bitheidh mise maille riut."
- " Thig mi do 'ur n-ionnsuïdh."
- " Is mise, Iehobhah, cha chaochail mi."
- " Is e do Dhia as Righ."
- " An rhin siorruidh a rùnaich e ann an Iosa Criost."
- " Gu'm bitheadh sibh air bhur neartachadh gu treun, tre a Spiorad, anns an duine an leth a stigh."
- " Gu'm bitheadh oibre Dhe air fhoillseachadh annaibh."
- " Gu'm bitheadh sibh naomh mar tha esan a ghairm sibh naomh."
- " Gu'm bitheadh sibh air bhur cur gu neo-lochdach an láthair a ghliòire le h-aoibhneas ro mhòr."

\* \* \* \* \*

Cuibhrionn mo chup' is m' oighreachd Dia,

'S Tu sheasas dhomh mo chrann ;  
An àitibh aoibhneach thuit mo lion,  
'S leam oighreachd bhrìagh nach gann.

Bheir mise buidheachas do Dhia  
thug comhair' orm a'm' fleum ;  
Tha m' àirne fös an àm na h-oidhch,  
'g am theagast mar an ceudn'.

Do chuir mi romham anns gach cuis  
an Tighearn mór a ghnàth ;  
Chionn air mo dheas làimh gu bheil e,  
Cha għluisear mi gu buath.

## Anns a' Choille Bheithe

MU cheud bliadhna an ama so bha a' Ghàidhealtachd air fad ann an droch shuidheachadh le gort ; toiseach nan droch bhliadhnanachan a chuir uiread de'n t-sluagh air falbh as an dùthach. Ged a leughar anns na paipearan-naidheachd an dràsd's a ris gu bheil muinntir na Gàidhealtachd ann an droch shuidheachadh an diugh fhathast chan 'eil an sin ach ðòigh-bruidhne leis am bi daoine a' feuchainn ri cridhe a' Ghovernment a thaiseachadh, an ðòchas gu'n toir e dhuinn rathaidean, agus ceidhechan, agus goireasan eile, a bu mhaith leim a bhi againn. Chan 'eil a leithid de ni agus gort anns a' Ghàidhealtachd an diugh anns an t-seagh anns an d' fhuling daoine acras agus fuachd anns na làithean cruidh ud. An uair a bhithear a' caoidh cor ar dùthcha an diugh chan ann air cion bidh, no air cion airgid a bhithear a' smuaineachadh, ach air cion

dhaoine, agus air a' Ghàidhlig a bhi dol á, cleachdadh.

*Mu thruaighe 'n tìr 's an cinn na daoine gann  
Ge maith an t-òr, is suarrach òr seach clann*

Cha robh an t-òr riamh cho pailt anns a' Ghàidhealtachd 's a tha e an diugh, no a' chlann cho gann ; is theagamh gur e gaol an òir a chuir as ðò'n chloinn. A h-uile Di-haoine tha na ceudan de sheirbhisach a' Ghovernment a' cur seachad an là mar a bhios Santa Claus a' cur seachad na Nollaige, a' taomadh thiodhlacan agus phensions de gach seòrsa ann an uchd sheann daoine agus dhaoine òga.

## Gort an Leòdhais

Ach cha b' ann mar sin a bha cùisean ann an 1837. Anns an earrach sin fhuaire seachd ceud ceann cruidh am bàs ann an Leòdhais le cion

bidh, agus miltean de chàoraich. Fhuair trì cheud beathach-cruidh am bàs ann am Barbas. Bha cor nan daoine a cheart cho dona ; cho dona 's nach robh bêoshlaint aca ach am beagan mine agus buntàta a bha air a chur thuca as na bailtean-mòra.

Anns an eilean Sgitheanach bha na ceudan teaghlaich gun bhiadh, gun chonnamdh, agus mu dheireadh thòisich iad air cinn nan tighean a losgadh. Bha bochdann agus cruaidh-chàs anns an eilean nach fhacas a leithid bhuaith sud. Bha iad a cheart cho dona an Uidhist, an Loch Braon, agus an ceàrnabh eile de 'n Ghàidhealtachd.

Bha iomadh aobhar air a' bhochdann a bha anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan aig an àm ud ; droch fhoghair, droch thuathanachd, buntàta a' dol air ais, margaidhean a' tuiteam, ceilp a' fás saor, ach b' e an fhior aobhar gu robh bàrr-suime sluaigh air an dùthaich ; stoc dhaoine nach b' urrainn fearann a b' fheàrr na fearann na Gàidhealtachd a ghiùlan. Chan 'eil anns a' Ghàidhealtachd ach dùthaich lom, bhochd, gu nàdurra ; dùthaich gun ghual, gun iarunn, gun bheartas eile fo'n talamh ; talamh creagach, monadail, nach fhiach oibreachadh idir an coimeas ri mach-raidhean reamhar na Galltachd. Gun teagamh tha cluaineagan de thalamh maith an sid agus an so anns a' Ghàidhealtachd, ach air a shon sin chan 'eil innte ach dùthaich bhochd nach giùlain stoc mór dhaoine gu bràth tuilleadh. Ma ghiùlaineas chan ann as an talamh a gheibh iad am beò-shlaint.

### Imrich-chuain

Ghabh an sluagh an aon dòigh a bha fodhrair iad féin a chuideachadh, thòisich iad air an dùthaich fhàgail agus air dol thairis do Chanada, do New Zealand, agus a dh' Astralia. Ann an 1828 dh' fhàg soitheach Tairbeart na h-Earadh làn dhaoine a bha dol do Chanada Uachdrach, is dà shoitheach eile Loch nam Madadh, an Uidhist, agus sé ceud duine air bòrd a bha dol a dh' iarrайдh an fhortain an Canada. Dh' fhàlbh soitheach eile á Cana, agus an ath bhliadhna dhà no trì shiothicheadh an eilean Sgitheanach le daoine a bha dol do Cheap Bhreatunn. Fad bhliadhnanach bha sin a' dol air aghaidh ; sothicheadh a' seòladh a h-uile samhradh as a h-uile ceàrn de 'n Ghàidhealtachd, làn de dhaoine a bha air son dachaidhean iùra a dheanamh dhaibh féin anns na dùthchanna thall.

Ann an 1837, air an t-seachdadh là fichead de September, dh' fhàlbh long mhór á Tobar Mhoire agus còrr is tri cheud duine innta a bha dol do New Zealand ; ceud dhiubh á Aird-nam-Murchann agus á Sròn an t-sithein ; ceud agus a ceithir á Colla agus á Tiriodh ; còig ar fhichead as a' Mhorairne, sé deug is dà fhichead á Muile

agus I ; agus an còrr á àitean eile an Earrach-Ghàidheal. Fhuair cuid dhiubh cuideachadh o'n Ghovernment a dhol air imrich, ach chaidh feadhainn eile a mach air an cosdus féin. Bha New Zealand toilichte gu leòr stoc maith de 'n t-seòrsa so fhaotainn, daoine òg làdir anns an robh fuil ghlan agus a bha toirt leò mnathan beusach a thogadh an teaghlaichean gu glic agus gu diadhaidh.

### Long mhór nan Eilthreach

Sheòl iomadh bàta á Tobar Mhoire anns na bliadhnanach ud le eilthirich a bha dol thar chuantan, oir bha acarsaid mhaith ann far am faodadh bàtaichean móra tadhall agus far an robh e freagarrach do na h-eilthirich as na h-eileanan a mach cruinneachadh. Dh' fhàlbh soitheach le eilthirich á Tobar Mhoire ann an 1840, agus is ann á Tobar Mhoire a dh' fhàlbh an soitheach *Economy* air an do sheòl am bàrd Tiristeach, Iain Mac Gilleathain, bàrd Thigh-earna Cholla, anns an fhoghar, 1819.

*Air moch Di-ardaoin a' dol seach an Caolas  
An long fo h-aodach s' a' ghaoth o'n chòrs'.*

An ann o'n deas a bha a' ghaoth ?

Am bitheantas cha toigh le bàird obair ; ach théid aca air obair as fhéarr a dheanamh na'n obair a b' fheudar do'n bhàrd Thiristeach, no mar theirteadh ris, Iain Mac Ailean, a dheanamh anns "A' Choille Ghruamaich" m' an d' fhàs a chlann. Chan 'eil rud air an t-saoghal as cinn-tiche na gur e an crioman bàrdachd so a rinn Iain Mac Ailean, *A' Choille Ghruamach*, obair as fhéarr agus as maireannaiche a rinnseadh le gin de na sheòl air an luing ud. C' àite an diugh a bheil na craobhan a chuir e as am bun, am buntàta a bhuan e, an tigh-fiodha a thog e, ach mairidh "A' Choille Ghruamach" gu suthainn sior, no ma's mór am facial sin, gus nach cluimhean anns a' Ghàidhealtachd ach Beurla Ghovan.

Ann an litreachas na Gàidhealtachd chan 'eil dà phios eile de rosog no de bhàrdachd is fhéarr a nochdas dhuit dreach, agus cumadh, agus cumhachd na Gàidhlig Albannach na *Long Mhór nan Eilthreach*, a bha air a sgriobhadh leis an Ollamh Tormod Mac Leòid, no "Caraid nan Gàidheal," mar theirteadh ris, agus *A' Choille Ghruamach*, a bha air a sgriobhadh le Iain Mac Gilleathain, dà dhuiine d'am b' aithne Tobar Mhoire gu maith. An uair a chuimhneachas tu air a' Mhorairne mar bha i anns na làithean am biadh Tormod Mac Leòid agus athair a' dol a null do Thobar Mhoire, agus air na daoine a thachradh orra, agus a sheallas tu air slios na Mhorairne an diugh, anns nach 'eil ceòl, no aighear, no daoine, ciod is urrainn thu a ràdh ach a "bhi caoidh eor do dhùthcha, agus ag ionndrainn nan seann daoine flughail a bha clùiteach is treun."

### Galair a' bhuntàta

Ged bha a' Ghàidhealtachd agus nah-Eileanan air an tanachadh gu maith eadar 1800 agus 1840 cha robh eor an t-sluaign a bheag na b' fheàrr, oir is e na daoine òga làidir a dh' fhàlhbh, agus na seann daoine agus na boirionnaich a dh' fhuirich; ach chuir na bliadhnaich a dh' fhàlhbh am buntàta a' chlach-mhullaich air bochdaiinn na dùthcha. Cha mhór gu'n gabh e creidsimh, an suidheachadh goirt anns an robh móran dhaoine anns na h-Eileanan an Iar ann an 1846. Bha seana bhean beò ann am Barraidh ann an 1910, os ciomh ceithir fisheadh 's a deich, aig an robh cuimhne mhaith air a' ghort a bha am Barraidh, agus ann an eilean Aoraisgeidh anns na bliadhnachan ud. Thubhairt i gu'n do chailla a h-athair naoi aighean ann an aon seachduin le cionn bìdh; ceithir là deug an déidh dha na closaichean a thiodhlacadh thog euid de na coimhearsnaiad iad, gus an iteadh, grod 's mar bha iad. Bhiodh a h-athair a' dol le sreud a dh' ionnsuidh na h-Eaglaise Brice, is bha e 'n a chealachdadh aige luchd bàta de mhìn a thoirt dhachaiddh a h-uile foghar, a reiceadh e ri muinntir an eilein. An uair a thàinig a' mhìn dhachaiddh ann an 1846 bha an tigh aca air a chuartachadh le uiread dhaoine air an robh an t-acras 's gu robh baga mine air uisneachadh, an uair a dh' uine, a dheanamh furaig no stapaig dhaibh a shàsachadh an acras, m' an robh an còrr de'n mhìn air a roinn.

Ann am bliadhnaich an gorta bha móran airgid air a chruinneachadh anns an Taobh Deas a chuideachadh nan Gàidheal, is thàinig airgirod thuca á Sasunn, á America, as na h-Innsibh an Ear agus an Iar, agus eadhon as an Tuirc. An déidh na gorta dh' fhàg móran an dùthaich is chaidh iad thairis.

### A dheòin no dh' aindeòin?

Mar bu trice b' ann le an toil fhéin a dh' fhàlhbh na ceud eilthirich a dh' fhàg a' Ghàidhealtachd; bha feadhainn dhiubh gu maith air an dòigh, ach bha inntinn chruadalach, ghaisgeil aca is chunnaic iad gu'm faigheadh iad fhéin agus an teaghlaichean cothrom a b' fheàrr ann an dùthaich fharsuing seach mar bha aca aig an tigh. Ann an cunnatais a bha air a chur air beulaibh a' Chomuinn a bha craobhsgaoileadh an Eolais Chriosdail anns a' Ghàidhealtachd bha e air a ràdh gu'n d' fhàg sé soithichean deug taobh an Iar Rois le sé mile agus ceithir cheud eilthireach air bòrd anna eadar 1772 agus 1791, agus gu'n tug iad leò £38,000 a dh' òr. B' abhaist dhaibh cuideachd a bhi toirt leò mhiniestarán, agus mhaighstirean-sgoile, agus dhotairean, a bhiodh aca anns na h-àitean ionallach d' an robh iad a' dol. Cha b' e an éiginn a chur air imrich iad ach an gliocas, agus an earbsa a bha aca 'n an cruas, 'n an luathas, agus 'n an làidireachd féin.

Ach bha feadhainn eile d' am b' fheudar falbh, lom 'n an cuid agus diuid 'n an spiorad, gun sunnd gun mhisneach, a chionn gu robh iad air am bàirlinneachadh as an croitean, gun tigh air a thoirt dhaibh, no cead tigh a thogail, agus air an iomain gu cladach, gun roghainn aca ach am bàs no coilltean Chanada.

### Uachdarain agus bàillidhean

Tha cuimhne air an droch ghiollachd so a rinn cuid de na h-uachdarain agus de na bàillidhean air an t-sluagh cho beò anns a' Ghàidhealtachd an diugh fhathast 's ged b' ann an dé a thachair e, agus sin an t-aobhar gu bheil amharus aig na Gàidheil gur e droch dhuine a tha ann am bàillidh, eadhon ged robh e 'n a fhoirbheach anns an t-seann Eaglais Shaoir, agus ged bheireadh e deich notaichean do'n Sustentation Fund. Agus sin an t-aobhar cuideachd gu bheil e cho duilich do Ghàidheal air bith, biodh ann Tory, no Liberal, no Socialist, reusonachadh gu réidh riaghaltachd mu cheist an fhearainn anns a' Ghàidhealtachd, agus mu chor an t-sluaign. A' cheart mhionaid a chuimhnicheas e air an ainneart a rinn Sellar air daoine ann an Cataibh, no rinn an Coirneal Gordon air muinntir Bharraidh is Uidhist, tha cho maith dhuit an seanchas atharrachadh agus leigeil le ceist an fhearainn laighe mar tha i car greis. Tha mise a' faotainn freumh de 'n inntinn so annamh fhéin; an uair a dh' fhàsas mi teth le feirg, a' leughadh mu fhuadach nan Gàidheal, saoilidh mi gur e uachdarain agus bàillidhean agus droch laghanna fearainn as màthair-aobhair do gach olc a thàinig air an dùthaich, agus na'm biodh na laghannan sin air an ceartachadh agus cumhachd nan uachdaran air a bhriseadh, gu'm bitheadh là an àigh air teachd. Ach an uair a thig mi thugam fhéin tha mo reuson ag innseadh dhomh nach b' e oleas bhàillidhean no sannt uachdaran a b' aobhar do fhuadach nan Gàidheal ach ann an tomhas beag, agus gu'm b'e an fhior aobhar gu robh an sluagh fhéin a' faicinn gu'm b' fheàrr dhaibh dol a dh' àite-eigin far am biodh dòchas aca gu'n tigeadh iad air an aghaidh seach am bàs fhaotainn leis an acras ann an tir an dùthchais.

### Bàrr-suime dhaoine

Chan 'eil teagamh nach robh bàrr-suime dhaoine air a' Ghàidhealtachd aig toiseach na naoieamh linn deug, agus gu'm feumadh iad a bhi air an tanachadh air dòigh air chor-eigin, luath no mall, ach tha e fior cuideachd gu robh na h-uachdarain agus an Government a' faicinn àireamh an t-sluaign a' meudachadh fad bhliadhnaich, chan e mhàin gun stad a chur air le riaghaltean laghail ach a' toirt gach cothrom dhaibh fàs lionmhòr, agus mar sin bha e mar fhiachaibh orra atharrachadh air bith a bha ri dheanamh a dheanamh gu réidh caomhail,

gun eucoir no làmhachas-làidir a dheanamh air an t-sluagh.

'S e lagh a b' fheàrr a rinneadh riamh do'n Ghàidhealtachd, *Achd nan Croitearan*, an t-Achd a thug dhaibh urras nach cuirteadh a mach as an fhearrann iad; màl air a shuidheachadh le luchd-meas, agus còir air mathachadh air bith a rinn iad air tighean no air an fhearann fhaotainn air ais ma dh' fhàgas iad a' chroit. Ach air a shon sin tha amharus agam gu bheil *Achd nan Croitearan* a' tanachadh an t-sluagh, rud ris

nach robh dùil againn, oir chuir e inntinn an uachdarain anns an iochdaran, air chor agus nach 'eil na croitearan na's fulangaiche air na coitearan, no na's toiliche air criomain fearainn a thoirt dhaibh na bha na bàillidhean fhéin. Rud eile a tha mi a' chiuinntiù ris nach robh dùil againn, daoine ag ràdh gur e an Government uachdarans as miosa a bha orra riamh. A bheil sin fior? Shaoilinn nach bitheadh an Government cruaidh leis an dara làimh agus e cho fialaidh leis an làimh eile.

## Anns a'

**B**HO chionn ghoirid chuir aon de na h-aithrichean anns an eaglais, an t-Ollamh Adam Philip, leabhar beag bòidheach chugam, le bheannachd am briathran coibhneil, is chòrd an leabhar rium cho maith 's nach biodh e ceart dhomh gun a mholadh do luchd-leughaidh nan duilleagan Gàidhlig, ged nach ann an Gàidhlig a tha e air a sgiobhadh.

Fad bhiadhnaagan bha e 'n a chleachadh aig Adam Philip a bhi leughadh nan ceithir caibidealan so de shoisgeul Eoin (xiv, xv, xvi, xvii) a h-uile feasgar Sàbaid, an déidh dha obair an là a chrìochnachadh, a dh' eisdeachd ri Spiorad na Firinn a' labhairt ri anam féin. Bha e mar gu'm biodh e a' deanamh dàil bheag anns an Teampull an déidh do'n choimhthional sgaoileadh, is tha e ag ràdh anns an leabhar so gu robh na h-amanna sin prisel d'a anam.

· *Cia mór an t-sith a shealbhaich mi!*  
· *Cuimhniceam i gu sòr.*

Anns an leabhar so chruinnich e smuaintean a dh' éirich 'n a inntinn féin an uair a bhiodh e a' meòmrachadh air soisgeul Eoin, agus nithean eile a thruis e a ionadh leabhar a bha air an sgriobhadh mu'n abstol, agus eadar a chuid féin agus cuid dhaoine eile, o Athanasius gu Dean Inge, tha 'an leabhar so an dà chuid cùbhraidh agus brioghmhor.

Anns a h-uile linn tha soisgeul Eoin a' tarruing aire dhaoine 'g a ionnsuidh féin, is theagamh gur e so an t-aobhar, gu bheil e a' cur fa chomhair dhaoine Neach a thàirngeas an aire chuige féin, ge b' oil leò. "Mise, ma thogar suas o'n talamh mi tàirngidh mi na h-uile dhaoine am ionnsuidh."

### Eoin agus na Sgoilearan

Cha mhór gu'n gabb iad cunntas, na leabhrachean a bha air an sgriobhadh mu shoisgeul Eoin, is tha feadhainn ùra air an sgriobhadh uime a h-uile bliadhna, cuid dhiubh maith ach cuid eile dhiubh glé thioram, gu sònruichte an fheadhainn a bhos a' deasbud nan ceistean so,

(1) Cò sgriobh e?

(2) Cuin? C' àite?

## Chathair

(3) An e eachdraidh beatha Chriosd a tha ann gu litireil, no an e dubh-fhacail, is samhlaidhean, is cosmhalaichdan, a tha anns a' chuid mhór dheth, air an sniomh á inntinn duine spioradail a chuir seachad móran üine a' beachd-smuaineachadh air pearsa, agus air obair Chriosd, agus air an dàimh anns an robh e ri Dia?

Cha do ghabh Adam Philip gnothuch ris na ceistean sin, is cha mhò a ghabhas mise, oir tha mi an dùil nach d' fhuaras a' bheag de bhuannachd riamh asda. An uair a théid duine cho foghluime ris an Ollamh Seumas Moffat do'n tráigh sin chan fheàrr am maorach a bheir e dhachaidh na maorach cailleach Mhic Artair, "partan is dà fhaochaig," agus air uairean thig e dhachaidh gun am partan fhéin. Na'n robh daoine a' faotainn saoghal cho fada ri Metusaleh theagamh nach bu chall mór dhaibh na leabhraichean a leughadh anns am bi sgoilearan a' cur an amhach Eoin nach e fhein a tha ann idir aich duin-eigin eile nach 'eil iad cinteach cò e, ged a bhruidhneas iad mar gu'm b' aithne dhaibh e. Ach is e fianuis nan naomh gu bheil iad a' cluinntiù anns an leabhar so guth an abstoir Eoin a chunnaic le shùilean am Facal siorruidh a bha air a dheanamh 'n a fheòil, agus a ghabh còmhnuidh anns an t-saoghal, làn gràis agus firinn; agus gu bheil iad a' cluinntiù ann, chan e mhàin guth Eoin, ach guth Neach eile a chluinneas eadhon na mairbh a ghuth, a chionn gu bheil e a' labhairt ann am fireantachd, cumhachdach gu teàrnadh.

### An dà iuchair

Is sona an duine a dhearbh 'n a fhiosrachadh féin gu bheil Facal an Tighearn a' labhairt ris, a' labhairt ri chridhe agus ri choguis. Chan 'eil am Biobull a' labhairt ris na h-uile, oir feumaidh daoine *gabhal* ris an Fhacal m' an tòisich am Facal air e fhéin fhosgladh dhaibh. Chan 'eil e furas a ràdh gu h-aithghéarr ciod a tha mi a' ciallachadh le bhi *gabhal* ris an Fhacal, ach ciod air bith àite, no ciod air bith dòigh anns a bheil Dia a' labhairt ruinn, tha e ag iarraidh *creideamh* agus *ùmhlachd*.

Sin an dà iuchair as fheàrr a dh'fhosglas dhuinn na Sgriobturan, creideamh agus ùmh-lachd ; creideamh gur e Dia no Spiorad Dhe a tha sinn a' cluintinn a' labhairt anna, agus gur e ar cuid-ne ar cinn a chromadh, a dh' éisdeachd, agus a dheanamh toil Dhe. "Labhair, a Thighearn, oir tha do sheirbhiseach a' cluintinn." Tha so fior gu sòrnrae a thaobh soisgeul Eoin ; is e na diadhairean a sheasas an lèathair Eoin mar leanaban as mò a gheibh de'n mhil agus de'n bhainne a tha anns an leabhar so. Bha inntinn cho làdir agus tuigse cho geur aig Sir Isaac Newton's gur e a chuireamaid air cheann-toisich na sreatha, na'n robh maitearan an Èòlais anns an dùithich so air an tarruig air do bheulaibh, ach thubhairt e uair-eigin " nach robh èòlas-san ach mar gu'm biodh dileag bheag de'n fhairge a thog páisde ann an slige-chreachainn an coimeas ris a' chuan mhór." Bha an t-abstol Eoin a' faireachduinn mar sin an lèathair Chriosd ; " an uair a chunnaic mi e, thuit mi aig a chasan an riocd mairbh." Sin agad na daoine ris an labhair Dia, na daoine air an cuir Fhacal crith, agus a thuiteas 'n a lèathair an riocd mairbh. Agus sin agad na daoine as fhiach dhuit-sa agus dhomh-sa éisdeachd riu.

### Do na leanaban

An uair a bha mi anns an sgoil Shàbaid b' ann à soisgeul Eoin a fhuair mi mo cheud leasan, a chionn gu robh am fairbheach a bha 'g am theagasc an dùil gur e soisgeul Eoin a' chuid de'n Fhirinn as phasa a thuigsinn. Tha móran dhaoine de 'n bheachd sin fhathast ; na'n iarradh tu orra earrann de'n Bhiobull a thoirt dhuit anns a bheil an soisgeul air a chur gu simplidh, theagamh gu'n toireadh iad dhuit an earrann so á leabhar Èòin,— " Is ann mar sin a ghràdhach Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic féin, chum agus ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige."

Ann an aon seagh tha na briathran sin simplidh, ach a' cheart mhionaid a thòisicheas tu air smuaineachadh umpa chi thu nach grunnacha t' inntinn anns na ceistean a tha iad a' togail.

An saoghal ! Ciod e an saoghal a ghràdhach Dia ? Aon-ghin Mhic ! Ciod an seagh anns an robh ann

Mac air a ghineamhui ? Agus ciod am mùghadh a tha eadar Mac ginte agus mic eile Dhe ? Ciod is ciall do bhi creidsinn ann am Mac Dhe ? Cò nach 'eil a' creidsinn ann ?

Ciod is ciall do'n fhacal sgrios ?

Ciod is ciall do'n fhacal " a' bheatha mhaireannach." A bheil anam an duine neo-bhàsmhor 'n a nàdur agus 'n a ghnè féin ?

No a bheil e cho bàsmhor ris a' chorp gus an dean a' bheatha shiorruidh a tha ann an Chriosd neo-bhàsmhor e ?

Ciod i' a bheatha shiorruidh ? Beatha gun chrìoch ? No an scòrsa beatha a tha ann an Dia ?

Chi thu bhuaithe so, ma ta, nach 'eil e ceart a bhi saoilsinn gur e leabhar simplidh a tha ann

an soisgeul Eoin. Tha e simplidh gu leòr 'n a chainnt, ach 'na smuaintean tha e cho àrd ris na nèamhan agus cho domhain ris a' chuan. So na facail as trice a thachras ort ann ; facail a tha eho simplidh's gu'n teid aig a' chloinn air an litreachadh ; Athair, Mac, Spiorad Naomh, gràdh, aoibhneas, sìth, peacadh, fuath, saoghal, trioblaid, slighe, firinn, beatha, toradh, glòir, àithne, fan, fireantachd, breitheanas, oibre, creidsinn, solus, dorus, caorach, briathran.

Ach ged théid aig a' chloinn air na facail sin a litreachadh chan urrainn na diadhairean a ràdh gu bheil iad uile gu léir 'g an tuigsinn ; chan eil iad cinnteach ciod a bha Eoin a' ciallachadh le glòir Chriosd. Tha na facail creid-eamh agus a' creidsinn air an uisneachadh anns an Tiomnadh Nuadh ann an còig ceud àite. An ionghnadh ged a thubhairt am fear a sgrìobh an Lítir chum nan Eabhruidheach ?, " as eug-mhais creidimh chan 'eil e 'n comas Dia a thoileachadh."

### Cumhachd an Phacail

Chan 'eil rud air an t-saoghal as feumaile do dhuiне aig a bheil iarraidh air Dia a bhi 'n a smuaintean uile na Facial an Tighearn a bhi air a mheomhair. Is ann le Fhacal a tha Dia a' labhairt ruinn, agus a' deanamh gnothuich ri ar n-anam, ach mur bheil sinn a' cluinniinn no a' leughadh an Phacail sin o cheann gu ceann de 'n t-seachduin eis mar is urrainn obair spioradail air bith a bhi dol air aghaidh annainn ? Chan oibrich Spiorad Dhe ann an inntinn a tha *falamh* ; sin an t-aobhar gu bheil an diadhaidh-eachd a' seargadh an diugh, gu bheil cho beag de litir an Phacail ann an cridheachan dhaoine 's nach 'eil an Spiorad Naomh a' faotainn cothrom air an Fhirinn a tha ann an Chriosd a nochdadh dhaibh. Ma dh' fhaodas mi m' fhiosrachadh fhéin innseadh, abraidh mì gu bheil so fior 's a tha e gu bheil am peann 'n ann làimh, gu'n d' fhairtlich e orm riagh beachd-smuaineachadh buannachdail a dhéanamh mu Dhia no mu'n bheatha shiorruidh ach tre Fhacal féin ; gun Fhacal ann am inntinn cha robh ann an oidhrip air bith de'n t-seòrsa so a bhithinn a' deanamh ach ruagadh na gaoithe. Rud eile a dh' ionnsaich mi ann an obair na ministrealachd, gu bheil e cha mhór eu-comasach dhuit comhfhurtachd a thoirt do dhaoine no do theaghlachean a tha aineolach air Facial an Tighearna. Bho chionn fichead bliadhna chan 'eil dileasdanas a bhuineas do mo dhreuchd as mò a chuireas a dh' eagal orm na dol do thigh a' bhròin far a bheil fhios agam glé mhaith nach 'eil Facial Dhe air a leughadh no air a chreidsinn ach anns an dòigh a tha iad a' creidsinn ann an sithichean.

Mur bheil daoine a' creidsinn gu'n éirich na mairbh a ris, no gu bheil uile ùghdarris Dhe air

chùl an fhacail so, “*Ann an tigh m' athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh ; mur bitheadh e mar sìn, dh' insinnsa dhuibh. Tha mi dol a dh' ullachadh àite dhuibh,*” ciod am feum a bhiodh ann dhuit dad eile a ràdh riu ?

Ged nach deanadh Eoin obair air bith eile ach gu'n do chùm e air chuimhne na briathran sin a labhair Criod b' airidh e air gaol a bhi air ainm gu bràth, oir faodar a ràdh gur e so an tigh-soluis as fheàrr anns an t-saoghal.

## Aig an Uinneig

### Iain Moirreach, B.D.

THA goirtreas anns a' bhàs daonnan, ciod air bith àm no dòigh an tig e, ach an uair a thig bàs sgiorrail air duine òg a dh' fhàg bean agus clann 'na dheidh tha e uile gu léir goirt agus muladach. Ann an December bha Iain Moirreach, ministear na Seann Eaglais anns an Oban, air a bhualadh le carbad-ùilidh air an t-sraíd, ach ged bha dùil gu'n tigeadh e bhuaith, chaochail e anns an ospidal an ceann beagan làithean. Dh' fhàg e bantrach agus ceathrar chloinne.

Leòdhasach a bha suas am bliadhnaich an m'an deachaidh e do'n Chollaist; air oilean-achadh an Obar-eadhain; air a shuidheachadh an Liabost an 1922, anns an eaglais Shaoir Aonaichte; à Liabost chaidh e do Srath Chonain, an Cléir Ionar-pheofharan, far an do shaobhraich e ceithir bliadhna, gus an tainig e do'n Oban ann an 1932.

Bha e 'n a mhìnistear maith a bha leantuinn nan seann dòighean agus teagascg nan aithrìchean; dichiollach 'n a obair agus a' toirt an aire orrè; agus measail aig muinntir a' bhaile agus aig a bhràithrean an Cléir Lathurn.

### An Sgoil Shàbaid

Tha aon ni a bhitheas daonnan 'g am dhorran-achadh anns an sgoil Shàbaid, na Biobuill bheaga thiugha as am bi a' chlann a' leughadh, Biobuill anns a bheil an clòdh cho meanbh 's gu'm feum iad an srònán a bhi beantuinns ris an duilleig m'an teid aca air a leughadh. Le sealltuinn air a' chloinn, an uair a bhitheas iad a' leughadh, shaoileadh tu gu bheil droch-shealladh aig an dara leth dhiubh. Ach chan e sealladh na cloinne a tha dona, ach an clòdh; clòdh a dh' fheumas a bhi meanbh a chionn gu bheil, chan e mhàin uile leabhrachean a' Bhiobuill anns an leabhar a tha aca, ach na sailm am meadar agus leabhar-laoi dh na h-eaglais cuideachd.

Chan 'eil rud as cinntiche na gu'n gràinich na Biobuill dhona so a' chlann air a' Bhiobull. Bu chòir Facal an Tighearna a bhi air a dheanamh sgiamhach eadhon o'n taobh a muigh. Chan 'eil leabhar eile air an t-saoghal ach e féin a bhitheadh air a leughadh idir na'n robh a chumadh agus a dhreach agus an clòdh cho neo-thlachmhor ris na Biobuill a bhithear a ceannach.

Car son a dh' fheumar am Biobull air fad a

### Uinneig

chur ann an aon leabhar? Bu mhaith leam na'm bitheadh na leasain a tha sinn a' teagascg anns an sgoil Shàbaid air an tarruing air fad á aon soisgeul am bliadhna, agus á soisgeul eile an ath bhlàdhna, agus gu'm bitheadh an soisgeul sin air a chur a mach leis fhéin, ann an leabhar bòidheach, le clòdh garbh. Rachadh aig Eaglais na h-Alba i féin air so a dheanamh; tha àireamh cho mór de sgoilearan Sàbaid innse 's gu'm páigheadh an leabhar e fhéin, ged a bhiodh e air a reic gu maith saor. Dh' fhaodadh àireamh bheag de shaiml agus de laoidhean a bhi air an cur ann; ach is e bun a' ghnothluich an leabhar a bhi tana agus an clòdh garbh.

Bhitheadh buannachd eile anns na leasain a bhi as an aon soisgeul, nach bitheamaid a' leum o àite gu àite de 'n Bhiobull mar tha sinn a' deanamh an dràsd, agus gun fhios ro mhaith ciod an ceangal a tha eadar na leasain. Air uairean tha leasain againn nach 'eil e furas a thuigsinn car son a tha iad air an taghadh, agus gu'm feumar uiread de na soisgeil fhàgail a mach.

### Cho sona ris an Rìgh

Chan 'eil e furas a ràdh ciamar a ghabhadh ris an fhacal so, oir is e fiosrachadh a' chinneadaonna "gur neo-shocrach an ceann air a bheil Crùn."

*Tha tuilleadh sonais ann an dùil  
Na th' ann an Crùn a bhi 'n a shealbh.*

Theagamh gu robh am facial so air a ràdh le duine-eigin a bha an dùil gur h-ann ris na nithean a tha againn a tha ar sonas an crochadh. Ach chan 'eil sin fior. Tha barrachd de chomh-flurtachd na feòla aig daoine an diugh na bha aca riamh roimhe, ach chan abrainn gu bheil iad na's riaraichte no na's sona. Tha barrachd de chomh-flurtachd na feòla aig luchd-oibre a tha gu maith air an dòigh an diugh na bha aig na h-uachdarain o chionn ceud bliadhna. Glé ghoirid roimh 'n chogadh cha robh ann an Caisteal Bhlàir ach aon ionnladan (bath) agus am fear sin fhéin gun uisge teth ann; an diugh tha tighean as lugha anns a' choimhlearsnachd anns a bheil ionnladan agus uisge teth anns a' h-uile seòmar-cadal, ach chan 'eil sin a' ciall-achadh gu bheil an fheadhainn a tha a' cadal anna riaraichte no sona. Chan 'eil rud air an t-saoghal as lugha a bheir de shonas do mhac

an duine na an t-sòghaltachd a thatar uile ag iarraidh, an dùil gur ann intte a gheibhean a toil-inttinn a mhaireas. Chan ann ann an lionmhorachd nan nithean a tha duine a' sealbhachadh a tha a' bheatha, ach anns na nithean a tha 'n a inntinn féin, an gaol a tha 'n a chridhe do neach eile, agus gu sònruichte an gaol a tha fhios aige a tha aig neach eile air, an caidreamh a tha aige ri daoine as toigh leis, an toileachadh a tha e a' faotainn 'n a obair, an sòlas a tha fhuil bhlàth fhéin a' cur 'na fhéithean agus 'n a chuislean, an sòlas a tha a shròn agus a shùilean agus a chluasan a' deoghal a steach as a' chruthachadh,—sin agus fichead rud eile nach buin do shòghaltachd na tobair as a bheil cridhe mhic an duine a' tarriuing a shonais. Ma 's maith mo chuimhne, thubhairt a' bhan-sgriobhaiche, O. Douglas, gur e na ceithir nithean ris am bu mhò a dheanadh i toileachadh, tea, teine, leabhar, agus caraid. Ceithir sòlasan darrieadh! Tha tea a' toirt barrachd sòlais do bharrachd dhaoine na rud air bith eile air an t-saoghal. A dh' aindeòin ciod a bhios na

dotairean ag ràdh tha i maith aig a h-uile àm; duine air bith a chuireas cùl ri tea tha rud-eigin ceàrr air, 'na bhodhig no 'na inntinn. Tea, teine maith, caraid (no ban-charaid), agus seanchas, ciod is fheàrr na sin? Ach tha an radio air daoine a chur bho sheanchas an diugh. Chan 'eil teagamh nach 'eil e a' toirt toileachaidh do mhòran dhaoine, ach air a shon sin cha toil leam an rud idir, agus is e aon de na reusoin nach toigh leam e gu bheil e air feadhainn de na daoine as aithne dhomh a chur o sheanchas as an cinn fhéin. An uair a thachras iad orm a muigh tòisichidh iad air innseadh dhomh mu rud-eigin a chual iad air an radio, agus ma théid sinn a steach curidh iad car anns a' chnaig, ma's fhior dhaibh féin, a thoirt toileachaidh dhòmhsa, ach an da rìreadh a ghionn nach urrainn dhaibh a bhi beò as eugmhais. Cha d' fhuiling mi an inneal neo-fhoisneachail 'n am thigh fhéin riamh. Ach tha daoine eile ann a tha saoilsinn gu'm biodh iad cho sona ris an Rìgh, na'n robh radio aca anns a h-uile seòmar.

## “ Fear mo Ghràidh ”

**S**E Iosa Criosda fear mo Ghràidh;  
S'e 's dochá leamsa mis na càch;  
Ged bha mi uair-eigin de m' là,  
Nach b' aill leam bhi 'g a aideachadh.

'S e Iosa Criosda fear mo rùin,  
A dh' ullaich dhòmh' air tùs an crùin,  
Is gheibh mi e 'n uair theid mi null,  
Oir tha mo dhùil ri flaitheanas.

'S e Iosa Criosd a thàinig 'nuas,  
'S a chridhe naomha, làn de thruas;  
Is cheannaich saorsa mhór d'a shluagh,  
A bhios shuas dhaibh maireannach.

Is esan Gràdh an Athar shuas;  
Gràdh nan aingeal is a shluagh,  
Na tha air thalamh dhiubh is shuas,  
Oir fhuair iad làn an anam dheth.

Oir fhuair iad blasad air a ghràdh,  
Is air a mhilseachd nuas o'n àird;  
Rinn sud an eridheachan cho làn,  
S nach robh àit' do thuilleadh ac'!

Ged tha sinn ann an so air chuairt,  
Chan fhada gus an téid sinn suas  
Gu fantuinn maille ris an Uan,  
'S is suaimhneach bhios ar n'anam ann.

Chan fhaca sùil 's cha chuala cluas  
Meud nan nithean a tha shuas,  
A dh' ullaich Fear mo Ghràidh d'a shluagh,  
A bhuanainaiches air creidsinn ann.

Cha ghabh e dhuinne chur an cainnt,  
Meud na dh' ullaich e d'a chloinn;  
Bidh na néamhan ac' bho cheann gu ceann,  
'S bidh Criosd gu siorruidh maille riù!

*Dòmhnull Iain Dòmhnullach, am Borogh, an Leòdhais.*

## An Leabhar Naomh

**C**IA luachmor dhuinn an leabhar naomh  
Dheacadh le Spiorad Dhé!  
Mar lòchran tha a theagasan  
Ga 'r stiùradh chum nan spéur.

Togaidh e suas ar crìdh' gu caomh,  
Dol tríd gleann dorch nan dèur;

Beatha is solas bhclr e dhuinn,  
Is sith do ghnàth 's gach céum.

An lòchran so ni dhuinn an t-iùl,  
Trìd dorchadair a bhos,  
Gu ruig an t-àm 's am meal sinn shuas,  
Sòlas bith-bhuan is fois.



## Duine gun ionndrainn air

*"Righich e ochd bliadhna ann an Ierusalem agus shiubhail e gun déidh sam bith air."*—2 EACHDRAIDH XXI, 20.

THA dà rìgh air an ainmeachadh anns a' Bhioibh air an robh an t-ainm Iehoram; mac Ahaib a bha 'na rìgh air Israel, agus mac Iehosaphait a bha 'n a rìgh air Iudah. Cha robh a h-aon aca ro mhaith, ach b'e rìgh Iudah a bu mhiosa, is tha am fear a sgrìobh an eachdraidh so ag ràdh nach robh duine 'g a ionndrainn 'nuair a shiubhail e.

Is bochd a' chrioch sin do dhuine air bith, gu'n cùirteadh anns an uaigh e agus gun neach idir 'ga chaoidh. Tha mi a' faicinn sin a' tachairt gu tric, agus a' tachairt do dhaoine a b' fheàrr na Iehoram, ach air a shon sin is rud muladach e daonnan. Bithidh mi a' faicinn sheann daoine d'a bheil eadhon an dàimhich fhéin a' fas sgìth, agus a' guidhe 'n an eridhe gu'n tigeadh a' chrioch orra. Chan 'eil teagamh nach 'eil e 'na uallach trom do mhòran dhaoine a bhi gabhal cùraim do sheann daoine a tha anfhannd is breòite, ach tha mi an dùil gu bheil a' ghineal òg a' fas na's neofhaidhinniche a thaobh an dleasdanais so na bha an aithrichcean. Chan 'eil sin 'n a chomharradh maith; is maith an comharradh e air daoine òga iad a bhi caomhail is gràdhach ri seanair, no seannmhair, no dàimheach eile, a dh' fhaodas a bhi air uairean 'n an uallach dhaibh. Ciod is fhiach fuil mur bheil i blàth, agus ciod is fhiach an càirdeas mur cumar e?

## Bréith an t-sluagh

Ach cha b'e sin an t-aobhar nach robh ionndrainn air Iehoram an uair a shiubhail e. Cha robh caoidh 'n a dhéidh-san a chionn nach robh duine anns an rioghachd aig an robh meas air. Bha e 'n a dhroch dhuine agus 'n a dhroch rìgh, is bha iad toilichte a chluinntinn gu'n do chaochail e. Feumaidh gu robh gràin eagallach aig a shluagh fén air, oir cha leigeadh iad a chorp a steach do chladh nan rìghrean. Bha e air a thiodhlacadh ann an àite-eigin eile.

Air là an tiodhlacaidh aig Iarla Shaftesbury bha mìle gu leth de'n rathaid air an deachaidh an tòrradh cho dùmhail le bochdan Lunainn a bha 'ga chaoidh 's nach robh e furasda an cumail air an ais, is bha na ceudan dhiubh a' gul. An sud agus an so fad an rathaid bha brataichean aca air an sgaoileadh, air an do sgrìobh iad ann an litrichean móra,

"Bha sinn acrach agus lomnochd

Agus thug e dhuinn biadh."

"Bha sijn bochd agus air ar dearmad

Agus thagair e as ar leth."

An uair a thubhairt Daibhidh ri Ionatan nach bitheadh e 'n a shuidhe am màireach maille ris an rìgh fhreagair Ionatan, " Ionndrainear thu, a chionn gu'm bi t' àite-suidhe falamh." (1 Samuel xxviii. 18).

Ach cha robh ionndrainn air Iehoram; a dh'aindeoin cumhachd is greadhnachas a rìgh-chathach dh' fhaileadh air gaol no gean-maith a dhaoine a chosnadh, is bha iad toilichte an uair a rug an t-eug air. Cha bhreugnaichear Facal an Tigearn, " Bithidh cuimhne an fhìrein beannaichte; ach lobhaidh ainm nan aingidh."

## Droch dhùchas

Ged bha athair Iehoram (Iehosaphat) 'n a dhuine maith agus 'na dhuine diadhaidh rinn e rud nach bu chòir do dhuine glic no do dhuine diadhaidh a dheanamh, an là a phòs e a mhac ri Ataliah nighean Ahaib agus Iesebeil, ach phàigh a shliochd gu daor air a shon sin. Ma bha Iesebel 'n a bana-mhortair bha Iehoram 'na mhortair cuideachd; mhort e a bhràithrean uile, agus feadhainn eile de nachdaranaibh Israel, air ghaol e fén a dhaingneachadh 'n a rioghachd. Ach an déidh làimhe dh' fhiosraich e gur fior am facal ud, " Is an-aoibhin dhasan a thogas baile le ful, agus a dhaingnicheas cathair le aingidheachd," (Habacuc II, 12).

Tha móran de na trioblaidhean a chithear am measg dhaoine an diugh, anns a' bhaile-mhór agus air an dùthaich, ag éirigh o'n dà aobhar so, droch fhuil agus droch phòsайдhean. Dh' fhaodainn a ràdh mach 'eil annt ach an aon ni, oir is ann le pòsайдhean amaideach a tha droch fhuil air a deanamh buan.

" Théid an dùchas an aghaidh nan creag."

" Tagh do bhean mar is maith leat do chlann."

" Thoir bean à ifrinne is bheir i ann thu."

" Cha dual do'n onoir a bhi an ogha a' mheirlich."

Tha gràs Dhe ag oibreachadh an còmhnuidh air taobh fireantachd, agus is e aon de na dòighean anns a bheil e ag oibreachadh gu h-éifeachdach agus gu sàmhach (cho sàmhach agus cho diomhair 's nach 'eilear a' toirt an aire dha) gu bheil e a' toirt gliocas do dhaoine gun iad fén a cheangal gu neo-chothromach ri teaghlaichean anns a bheil droch fhuil.

## Slighean amaideach

Ach b'e a' mhearrachd bu mhò a rinn Iehoram 'n a bheatha uile, gu'n do thréig e Dia 'aithri-

chean. Rinn e dìmeas air Carraig a shlàinte. Ghluais e ann an slighean tigh Ahaib, ach b' e crioch nan slighean sin am bàs. Dh' fhàs e uaibhreach is ain-diadhaidh, gus mu dheireadh nach robh eagal Dhe no dhaoine air. An sin rinn am faidh Eliah a dhleasdanas, agus labhair e ris an righ ann an ainm an Tighearn :

“ Mar so tha an Tighearn ag ràdh, A chionn nach do għluais thu ann an slighibb t' athar, Iehosaphat, no ann an slighibb Asa, righ Iudaib, ach gu'n do għluais thu ann an slighe righrean Israel, agus gu'n d' thug thu air Iudah agus luchd-aiteachaidh Ieruseleim striopachas a dheanamh, agus gu'n do mħarrb thu do bħarräthean a b' fhearr na thu féin, feuch buailidh an Tighearn le plàigh mhór do shluagh, agus do chlann, agus do mhnathan, agus do mħaoin uile, agus bithidh tu ann an tinneas mór le euail do mhionacha, gus an tuit do mhionach a mach leis an euail, o là gu là.”

Dà bhliadhna 'n a dhéidh sin bha Iehoram marbh, le galair uamhasach, agus gun e ach dà fhicheadh bliadhna a dh' aois, ach *cha robh duine anns an rioghachd 'g a ionndrainn.*

Deireadh muladach aig beatha neach air bith!

### Bannan gràidh

Ged bha Nero 'n a mhortair, agus 'n a dhronair, agus 'n a dhuine borb, an oidhche an déidh dha a bhi air a thiodhlacadh, chaidh boirionnach air chor-eigin is chuir i fluraichean air 'uaigh. Bha neach ann a bha 'g a ionndrainn. Ach cha robh ionndrainn sam bith air Iehoram.

An uair a chruinnicreas na coimhearsnaich a għiulan corp a' mhairbh do'n chill nach bu truagh an gnothuch e, na'm b'e an smuain so a bhiodh 'n an intinnean uile a thaobh an fir nach maireann, *Duine gun fheum; beatha gun fheum!*

Duine leis am bu mhaith cairdean a bhi aige, feumaidh e bhi cairdeil.

Duine nach dīchuumhnich e féin uair air bith, dīchuumhnichidh daoine eile e gu luath. Bha so air a chur ann am briathran as fhearr na m' fheadhainn-sa le Neach a bhitheas a briathran

bèò gu bràth, “ *Ge b' e neach a dh' iarras a bheatha féin a theàrnadh, caillidh e i; agus ge b' e neach a chailleas a bheatha, gleidhidh e i.*”

Duine nach 'eil air a cheangal ri daoine eile le bannaibh gràidh, no nach 'eil a' smuaineachadh ach air na nithean anns a bheil buannachd da féin, sin agad duine gun fheum agus beatha gun fheum, agus air a' cheann mu dheireadh gheibh e a dħuajis dħligheach, cha bhi ionndrainn aig duine sam bith air an uair a shiùbbħlas e.

### Duine maith?

Bho chionn għoġrid bha mi aig tiодħlacakdh duine nach abraġġġ gu'm bu duine diadhiadh e, anns an t-seagh anns am bi sinn a' cleachdadh an fħacail. Ach bha e anabarrach truacanta agus coibhneil. Bha sluagh mór aig an tiodħlacakdh; na cea idh am meaġġ na cuideachd, agus iad uile crūnn a chionn gu'm bu toigh leò an duine. Bha breith a choimhearsnach agus breith na dħutħa uile air an duine ud soilleir do'n t-saogħi uile. Thānig an smuain 'n am inntinn gu'm faid e bhith nach 'eil Dia agus sinne a' ciallachadh an aon ni leis an fħacal diadhaidh. Chan 'eil ann am facial ach facial fhein. Nach faod gu bheil coibhneil agus diadhaidh a' ciallachadh an aon ni ann an cainnt nèimh, ged nach 'eil iad 'ga chiallachadh 'n ar beachd-ne? Co dħiu tha Fácal an Tighearn ag ràdh gur e aon de thoraidhean an Spioraid a tha ann an coibhneas. Am faid duine a bhi coibhneil gun a bhi maith, agus am faid e bhi maith gun a bhi diadhaidh? An rud ris an abair sinne maitheas nàdurra, a bheil e chum feum ann an sealladh Dhe? Bhaist Calum-cille ann an Gleann Urchadain seann duine aig nach robh eðlas air Criod agus nach robh air a theagħġi anns a' Chreideamh Chriodsdid, a chionn gun do chum e a mhaiteas nàdurra gun truailleadd. Bhaist e fear eile de'n cheart sheòrsa anns an Eilean Sgitheanach. Cha bu mhaith leamsa coire fhaqtainn do Chalum-cille naomh, ach tha an rud a rinn e, agus an naidh-eachd a dh' innis mi fhein mu thorradh an duine coibhneil a' togail cheisteān nach gabh cur a thaobh le suarrachas; eeisteān air am bu chòr dhuinn ar buadhan spioradail a chleachdadh chum inntinn agus ruintean Dhe a thuġġis.

## Anns a'

## Chathair

ainthe dha mi; mar sin chan ann thugam-sa a mhàin a bha an litir so air a cur ach a dh' ionnsuidh móran mhinstearan eile an Albainn, agus is e an t-aobhar gu'n do sgriobh e i, gu bheil amħarus aige nach 'eil ministearan an diugh a' searmonachadh an t-soisgeil, agus gu bheil a' mhór-chuiveachd de'n t-slauagh tur aineolach air Slige na Sláinte.

A bheil sin flor? Ma tha, is gnothuch bochd

AN toiseach na bliadhna fhuair mi litir air am Abu mhaith leam ionradh a dheanamh air an duilleig so. Thānig i thugam le post a' bħuinn-a-sia; air a sgriobhadh an clödh, ged bha ainn an fħir a sgriobh i aig a bonn, fear-fearainn air a bheil muinntir an Taobh Tuath, agus gu sònruichte muinntir Inbhir-Nis, eðlach, Uisdean Ròs, Caisteal Chill-Ràthaig, an Inbhir-Narunn.

Chan aithne dhomh Mgħr Ròs agus chan

e; agus mur bheil e fior, ciamar a bhual an t-amharus so an inntinn Mhghr Ròs?

Ach an toiseach, leigidh mi leis fhéin bruidhinn, oir théid aige air sin a dheanamh gu h-òrdail agus gu soilleir:

"Air mu chuairt air feadh na dùthcha o àm gu àm, agus an seachas ris gach seòrsa dhaoine, tha e a' cur uamhais orm na tha tachairt orm de dhaoine a tha tur aineòlach air Slighe na Slàinte, no ciamar a ghabhas réite ri Dia faotainn. Tha iad mar dhaoine ann an ceò; ag earbsadh gu fann leanabail ri tròcair Dhe ach gun eòlas air bith aca air firinnean an t-soisgeil; gur ann tre iòbairt-réite Chriosd air a' chrainn-cheusaidlì a tha peacaich air an saoradh, agus gur ann acasan a mhàin a tha air am fireanachadh tre chreideamh a tha sith ri Dia. Tha mi dearbh chinnteach nach e mhàin gu bheil a' chuid mhór de na dhaoine a tha dol do'n eaglais aineòlach air teagastg nan Sgriobturan a thaobh Slighe na Slàinte, ach nach 'eil faireachduin air bith aca gu bheil feum aca a bhi air an teàrnadh."

### Anns an dorchadas

Tha e ag ràdh gu bheil an sluagh ann an dorchadas a chionn nach 'eil ministearan an là so a' toirt rabhaidh dhaibh mu chorruich Dhe an aghaidh peacaidh, no a' togail Chriosd fa 'n comhair mar Shlànuighear, is tha e ag earalachadh air ministearan na h-òraidean gun soisgeul amta a bhithreas iad a' leughadh anns a' chùbaid a chur anns an teine, agus labhairt ri dhaoin gu simplidh mu'n dòigh anns am faod iad maitheanas fhaotainn agus réite ri Dia. Sin agus nithean eile de'n t-seòrsa sin tha Mhgr Ròs ag ràdh ri ministearan na h-Alba, agus tha e 'g a dhaingneachadh le ionadh earram de'n Bhiobull, ged nach 'eil cuid de na h-earrannan sin a' ciallachadh an rud a tha esan a' cur anna.

An uair a leugh mise an litir so thog i smuain no dhà 'n am inntinn, agus an smuain so air thoiseach air càch, a bheil cùbaidean na h-Alba an diugh gun soisgeul annata, agus an e sin an t-aobhar gu bheil na h-eaglaisean cho falamh?

### Na laithean maith

Sin ceistean a tha duilich am freagairt oir chan 'eil móran eòlais aig a' chuid mhór de dhaoine ach air an eaglais d' am bi iad fhéin a' dol; chan 'eil fhios aca ciad a tha dol air aghaidh ann an eaglaisean eile. Ach feumaidh mi a ràdh gu'm bi mi a' cluinniinn dhaoine eile an sud agus an so ag ràdh a' cheart ni a thubh-airt Mhgr Ròs, nach 'eil an soisgeul air a shearmonachadh an Albainn an diugh mar bha e air a shearmonachadh o chiomh tri fishead bliadhna, agus nach cluinnear ann an cùbaidean ach fuaim neo-chinnteach. Ach feumaidh mi a ràdh cuideachd gu'm bi mi a' cluinniinn nan

dhaoine so ag ràdh a' cheart rud mu nithean eile, mu sgolean, mu obair Pàrlamaid, mu thuathanachd, mu sheòladh, mu dhòighean dhaoine,—chan 'eil gin dhiubh sin cho maith's a bha iad 'n an òige-san. Ma tha iad cinnteach nach 'eil ministearan an diugh a' teagastg na firinn cho làdir no cho soilleir's a theagaist Spurgeon no Moody i, tha iad a cheart cho cinnteach nach 'eil ann am buill na Pàrlamaid ach coinnlean bochd an coimeas ri Gladstone. Bha a h-uile ni, o'n t-sid gus an diadhaidheachd, na b' fheàrr 'nuair bha sinn òg na tha iad an diugh!

Cha bu mhaith leam a chreidsinn nach 'eil an soisgeul air a shearmonachadh an Albainn an diugh, ach creididh mi nach 'eil e air a shearmonachadh air an aon dòigh anns am b' àbhaist dhuinn a chluinniinn. Tha atharrachadh a' tighinn air teagastg agus dòighean-teagaistg na h-eaglais mar tha atharrachadh a' tighinn air nithean eile, ach am bitheantas cha chron sin ach buannachd. An uair a bha mi 'n am bhalach agus 'n am oileanach òg bha cothrom agam air ionadh searman Gàidhlig a chluinniinn ann an ionadh eaglais, ach an uair a sheallas mi air m' ais agus a chuimhnicheas mi air na searmoin a chuala mi chan 'eil mi idir a' creidsinn gu robh an teagastg na b' fheàrr no na bu sgriobturaile na tha e an diugh.

### Ministearan soisgeulach?

Anns na seann làithean theirteadh ministearan soisgeulach ri seòrsa dhaoine nach robh a' teagastg an Tiomnaidh Nuaidh gu cothromach idir; aig nach robh ach an aon duan a h-uile Sàbaid, a' tòiseachadh aig tuiteam Adhaimh, agus ag innseadh mu innleachd na Saorsa a choisinn an Slànuighear dhuinn o thruaighean ifrinn, gus an criochnaicheadh iad le bhi ag earalachadh air peacaich gabhail ri taigse na Slàinte air eagal gu'm bitheadh iad air an sgrios gu siorruidh. Cuimhnich, a leughadair, nach ann a' faotainn coire dhaibh a tha mi. Chan ann idir; ach tha soisgeul Chriosd na's farsinge agus na's dòimhne na gu'n gabh e cur ann an aon fhacal, mar gu'm bitheadh tu ag innseadh do chloinn bhig gu bheil  $2+2=4$ . An uair a bhruidhneas searmonaiche ri dhaoine mar gu'n rachadh aige-san air an t-soisgeul a dheanamh simplidh agus soilleir dhaibh chan 'eil e ach a' smuaineachadh air Sibolet air chor-eigin dha fhéin. Ach chan ann le Sibolet a tha an diadhaidheachd air a dùsgadh anns an anam, is cha mhò is ann le Sibolet a tha i air a beatachadh, ach leis an Spiorad Naomh a shéideas far an àill leis.

Anns na seann làithean, ciad air bith an ceann-teagaistg a ghabhadh ministear, cha robh ach aon seachas aige; dh' innseadh e ann an aon dòigh no ann an dòigh eile mu innleachd no plan na Saorsa a rinn Dia ann an Criosd. Cha robh ach glé bheag de theagastg Chriosd air

a mhineachadh, no air a chur ri inninnean agus ri cogaisean dhaoine. Bha an soisgeul uile anns a' *phlan*; b'e críoich àraidh an t-searmonaiche peacaich a shaoradh o'n fheirg a bha ri teachd, ach cha' robh dòigh eile air an saoradh mur creideadh iad am *plan*. Sin an t-aobhar gu'm bu mhaith le Uisdean Ròs, agus le daoine maith eile, an ceann-teagaisg so a chluinnntinn aig ministearan a h-uile Sàbaid, "Creid anns an Tighearn Iosa Criod agus teàrnar thu."

### Criod an soisgeul

Tha mi an dòchas gu'n cluinnear an ceann-teagaisg so ann an cùbaidean na h-Alba cho tric's a chluinnteadh e an linn ar n-aithrichcean, ach air a shon sin tha ceudan a dh' earranan eile anns an Tiomnadh Nuadh a tha a cheart cho soisgeulach ris na briathran so. *Chan 'eil ann am briathran ach briathran fhéin*; chan ann ann am briathran a tha an soisgeul ach *ann an Criod*, agus ciod air bith dòigh anns a bheil Criod air a thoirt fa chomhair inninnean dhaoine, gach uair a tha sin a' tachairt, tha an soisgeul air a shearmonachadh.

Ged nach 'eil Dia no an soisgeul ag atharrachadh tha na daoine a tha 'g a shearmonachadh ag atharrachadh agus na daoine a tha 'g a éis-deachd, agus is e sin an t-aobhar gu bheil a h-uile gineal a dùil gu bheil a' ghineal ùr a tha ag éirigh 'n an deidh a' claoindh air falbh o'n fhìrinn. Bha am beachd sin aig daoine riagh is bithidh gu bràth, ach ma sheallas tu air t' ais thar nan linntean chì thu nach 'eil ach glé bheag de'n fhìrinn ann.

Cho fad's a tha m' fhiosrachadh fhéin a' dol theirinn gu bheil teagastg an Tiomnaidh Nuaidh air a chur air beulaibh an t-sluaigh an diugh na's soilleire na bha e riagh roimhe, gu sònruichte teagastg Chriosd. An uair a chiuimhnicheas mi air na searmoin a chuala mi 'n am bhalach, no sheallas mi air na cinn-theagaisg aig na searmoin a bha air an cur an clòdh le seana mhìnistearan a bha ainmeil anns a' Ghàidhealtachd bha a' chuid mhór dhiubh air an toirt á litrícheàn Phòil agus as an t-Seann Tiomnadh. Cha robh a bheag de mhìneachadh air a dheanamh air teagastg Chriosd; bha sin air fhàgail a mach agus an cudthrom uile air a chur air a bhàs. Ach ged tha soisgeul ann an litríchean Phòil cha bu mhaith leam a ràdh gu bheil barrachd de'n t-soisgeul anna na tha ann am briathran Chriosd, is cha mhò a bhitheadh mo choguis réidh ri um mar shearmonaiche na'n glacainn mi fhéin a' shearmonachadh á litríchean nan Abstol na's trice na mu bhriathran Chriosd.

### Doighean ùra

Tha dùil aig daoine, na'n tigeadh Iain Wesley no D. L. Moody air an ais an diugh, gu'm faigheadh iad bhuapa gun atharrachadh air bith an soisgeul mar b' abhaist dhaibh a shearmon-

achadh. Ach na'n robh aig na daoine diadhaidh sin ri labhairt ris a' ghineal so, b'e a' cheud rud a dheanadh iad an seann searmoin a chur anns an teine, is labhradh iad ann an *cainnt* agus ann an *guth* na gineil so fhéin.

Cluinnidh mi daoine ag ràdh air uairean nach deanadh Moody an diugh an obair mhór agus bheanmaichte a rinn e anns an dùthaich so an 1874. Chan 'eil mise a' creidsinn sin. Theaganmh nach deanadh, na'n gabhadh e an dòigh a bha aige air toil agus coguis dhaoine a għluasad an 1874, ach tha mile rathad air faotainn gu toil agus coguis dhaoine, is għeibheadh Moody rathad īr-thuca, a chionn gu'm bu duine e anns an robh cumhachd an Spioraid Naoimh. Chan 'eil teagamh nach do dhùisg Wesley agus Moody ċuram spioradail ann an àireamh mhór dhaoine le bhi a' maoidheadh piantan ifrinn is teine siorruidh orra, ach cha chuireadh na maoidhe-eanna sin eagħal no gluasad ann an eridheachan dhaoine an diugh, is għabhadh Moody dòigh īr-air an coguis agus an eridhe a leòn. Ach ciod air bith a' chainnt anns an cuireadh e e, cha bhiodh Moody gun soisgeul. Chan 'eil ann am briathran ach briathran fhéin, oidhír air greimeachadh air nithean a tha neo-fhaicsinneach. Tha cainnt *aimsireil* is *caochlaideach*, ach tha an Fhirinn siorruidh agus gun atharrachadh.

### Teagastg spioradail

Ach ged nach 'eil mi ag aontachadh leis an fheadhainn a tha ag ràdh gu bheil na's lugha de'n t-soisgeul ann an cùbaidean na h-Alba an diugh na bha annta o shean chan 'eil sin a' ciallachadh gu bheil mi an dùil gu bheil cùisean cho maith's nach iarramaid na b' fhéarr. Tha feum aig an eaglais an diugh air searmoin *spioradail*, teagastg ciùin mu bheatha na diadhaidheachd, agus mu'n dòigh anns am faod daoine iad féin a chumail ann an dùlhs ri inn-tinn Chriosd. Sin a tha móran dhaoine ag ionndrainn nach 'eil iad a' faotainn anns an eaglais, fianuis phearsonta a sheòlas dhaibh ciamar a għeibh iad an neart agus an t-sità spioradail a tha iad a' miannachadh. Cha bhiodh e chum feum air bith a bhi a' glaodhach Sàbaid as déidh Sàbaid ris na daoine sin, "Teichibh o'n fheirg a tha ri teachd," cha bhiodh ann ach facal a rachadh a steach air an dara cluais agus a mach air a' chluais eile, ach air a shon sin tha iarraidh aca air beatha na diadhaidheachd, agus bu mhaith leò cuideachadh fhaotainn o neach aig a bheil inninn spioradail agus fiosrachadh 'n a anam fhéin air na nithean a tha e a' teagastg as an Tiomnadh Nuadh.

### Searmoin gun fheum

Mar is dùlithe a chumas ministearan ri Facal an Tighearn, agus gu sònruichte ri teagastg Chriosd is ann is mò a għeibh an luchd-éisdeachd

de mhaith o'n searmonachadh, co dhu a tha iad fada air an aghaidh anns a' bheatha dhiaidhaidh nofthast aig a' gheata. Tha seòrsa shearmon ann a bu chòir do mhinistearan a sheachnadh, a chionn nach 'eil buannachd air bith anna ; searmoin mu chor an t-saoghail agus mu nithean a tha dol air aghaidh anns na rioghachdan ; searmoin anns am bi iad a' todh ris a' choimhthional a chionn nach 'eil daoine a' dol do'n eaglais no a' toirt airgid dhi ; searmoin a bhios a' cur sios air a' Phapa, no air eaglaisean

eile, no air Higher Critics, no air neach eile ; agus searmoin anns nach 'eil ach deasbud mu phuingean sgoilearachd aig nach 'eil buintealas air bith ri beatha na diadhaidheachd.

Is e críoch àraidh ar searmonachaidh iarraidh air a' bheatha naoimh is mhaisich a dhùsgadh ann an cridheachan dhaoine, agus is sona am ministeard aig a bheil an t-ionracas agus an t-eòlas 'n a chridhe féin a ni comasach dha an t-seirbhis sin a dheanamh dhaibh. Is soisgeul facal air bith a bheir Dia gu cuimhne dhaoine.

## Anns a' Choille Bheithe

*"Iuchair gach uile eòlais Ipocrait"*

SIN facal a gheibhear ann an seann leabhar-Dotaireachd a bha ann an teaghach nan lighichean ainmeil, na Beutonaich a bha ann an Ile, ann am Muile, agus anns an Eilean Sgitheananach.

B'e Ipocrait an dòigh anns an sgriobhadh na Gàidheil ainm an lighiche Ghreugaich, Hippocrates ; duine a bha cho aimmeil ri Plato, no ri Aristotle, no ri Alasdair Mór. Thàinig uiread de nithe maithe as a' Ghréig's gu'm bitheadh am facal na b' fheàrr na'n robh e air a chur mar so, " *Iuchair gach uile eòlais a' Ghréig.*" A' chuid mhòr de na coinnean a thug solus do'n t-saoghail roimh so, bha iad air an lasadh anns a' Ghréig.

Theagamh gu bheil daoine beò anns a' Ghàidhealtachd fhathast a bha air an dotaireachd a réir " riaghailtean na Sláinte," a sgriobh Hippocrates, agus a bha air an tionndadh gu Gàidhlig leis na Beutonaich, ged a shiubhail e tri cheud gu leth bliadhna roimh bhreith Chriosd. Gus o chionn dùine ghoirid cha do rinn an dotaireachd adhartas mór seach mar bha i anns an t-seann t-saoghal.

Ach chan ann mu Hippocrates no mu'n Ghréig a tha mi dol a sheanchas air an duilleig so an dràsd, ach mu rud no dhà eile aig a bheil seòrsa de buintealas riu, smuaintean a dh' éirich 'n am inntinn fhéin an uair a bha mi a' sealtruinn thairis air seann sgriobhadh anns an robh Ipocrait agus na Beutonaich air an aimseachadh mar lighichean aig an robh eòlas agus ealadhain os cionn lighichean eile.

### Duais nan dotairean

Chan 'eil obair air an t-saoghal as ion-mhiannichte na'n dotaireachd, no seòrsa dhaoine a tha faotainn uiread ris na dotairean de ghean-maith an co-chreutairean. Am bitheantas is airidh iad air, oir tha iad fhéin 'n an daoine coibhneil agus caomhail, ach a thaobh a bhi 'n an comain agus buidheachas a thoirt dhaibh tha iad daonnan a' faotainn tomhas maith, air a dhinneadh. Is ann fior annamh a chluinneas tu duine ag ràdh facal an aghaidh dotair, no a'

cur sios air, mar a bhios iad a' cur sios air ministearan agus air maighstirean-sgoile. Cluinnidh tu daoine ag ràdh air uairean mu mhinistear, no mu mhaighstir-sgoil, " nach 'eil smod túir ann," ach chan abair iad sin mu dhotair. An e eagal a tha orra gu'n toir e dhaibh pile a chuireas 'n an tosd iad gu bràth ? No an e eagal a tha orra dad ceàrr a ràdh uime agus gun fhios aca c'uin a dh' fhaodas iad a bhi 'n a fhreasdal ? No a bheil iad a' toirt urrain agus géill dha a chionn gu bheil an dotaireachd cho fada os cionn an eòlais féin 's nach gabh iad gnothuch idir ris ? Theagamh gu bheil na h-aobharan sin uile ag oibreachadh ann am fàthar an dotair, ach is e an t-aobhar mu dheireadh an fhior aobhar nach 'eilear deas gu bhi faotainn coire dha, gu sònruichte ma tha e coibhneil 'n a bhruidhinn agus frithileach air dol a shealltuinn dhaoine tinne.

### Mumbo Iumbo

A thaobh obair mhinistearan agus mhaighstirean-sgoile tha a' mhór-chuideachd de dhaoine a' saoilsinn gu bheil am beachdan agus an smuaintean fhéin a cheart cho maith ri beachdan na feadhna a tha a' teagasc, agus fad na h-ùine a tha iad ag eisdeachd anns an eaglais tha iad 'n an suidhe ann an cathair-bhreith-eanaise, ag aontachadh ris na tha iad a' cluinn-tinn, no a' diúltadh gabhail ris mar fhìrinn. Sin an inntinn anns a bheil iad an làthair a' mhinistir ; tha iad a' cleachdadh an reusoin agus am breithneachaидh fhéin (mar tha e ceart dhaibh a dheanamh), ach a cheart cho luath 's a bhruidhneas an dotair tha an inntinn a' sgur, is tha e dhaibh mar Mhumbo-Iumbo ris nach bitheadh e cneasda gnothuch a ghabhail.

### Umhlaichd gun cheist

Na 'n rachadh an t-Ollamh Alasdair Màrtainn, no an t-Ollamh W. P. Paterson a mach do'n Eilean Fhada a labhairt mu'n dàimh anns a bheil pearsachan na Trianaid r'a chéile, chan 'eil duine ann an Leòdas os cionn fichead bliadhna

a shaoileadh gu'm bu chòir dhaibh gabhail ris an teagast air urras nan daoine a bha 'g a thoirt dhaibh, no gu'm biodh e dalma dhaibh gnothuch a ghabhail ri nithean a bha os cionn an èolais. Bhitheadh iad an dùil gu robh iad fhéin cho eòlach anns na diomhaireachdan sin ri Ollamhan Dhùn-Eideann. Ach na'm fasadh neach tinn, agus na 'n abradh an dotair ris an duine a chaidh 'g a iarraidh, "Sin agad botul; ruith cho luath 's a rinn thu riagh, agus a' cheart mhionaid a théid thu steach air an dorus iarr orra làn gu leth spàine a thoirt dha, agus fear de na pileachan so coig mionaidean 'n a dhéidh, agus trì mionaidean 'n a dhéidh sin, cuiribh air a bheul 's air a shròn e air an leabaidh, is buailibh a shàiltean ri chéile gus an caidil e,"—nach saoil mi gu bheil mi a' faicinn an duine a' deanamh ruith nach fhacas a leithid bho dh' fhalbh Caolite, no Pheidippides, no Eric Liddell, agus nach saoil mi gu bheil mi a' faicinn muinntir an tighe agus coimhlearsnaich chòire 'g an cuideachadh, a' cur na spàine anns an t-solus air eagal gu'n rachadh aon bhoinne innse a bharrachd air na dh'iarr an dotair, no na bu lugha, agus uaireadairean air am bois gus am pile a thoirt do'n duine thinn air an dearbh mhionaid.

#### Creideamh anns a' bhotul

Sin an ùmhachd a bheirear do na dotairean, gun uiread agus fhoighneachd dhiubh ciod a chuir iad anns a' bhotul, no car son nach deanadh e feum a cheart cho maith òrdagan an duine a bhualadh ri chéile an àite a shàiltean? Cuimhnich, a leughadair, nach ann a' faotainn coire do na dotairean a tha mi; chan ann idir, ach so an rud a bha mi dol a ràdh, gu'n rachadh daoin a steach do rioghachd Dhe 'n am miltean 'n an tugadh iad aire agus ùmhachd do na riaghailtean spioradail a tha iad a' faotainn mar bheir iad do na riaghailtean a gheibh iad o'n dotair. A thuilleadh air sin, faodar dol an urras air an iocshlaint a tha aig ministearan ri thairgsinn a dh' aiseag air ais slàinte do pheacaich, ach cò a théid an urras air a' bhotul? Ach air a shon sin chan fhaic is cha chluinn thu lighiche uair air bith a' cur teagaimh anns a' chungaidh a tha e a' toirt dhuit, no a' bruidhinn mar nach robh e cinnteach ciod a tha ceàrr ort no ciod a léighseas tu. Abraidth e cho beag 's is urrainn dha, seallaiddh e cho glic 's a leigeas a choslas nàdurra dha, is feumaidh tusa am botul agus na pileachan a ghabhail air fhacal.

#### Na corrmairean

Tha na dotairean an diugh air an roinn 'n an dà bhuidheann, feedhainn a' bhotuil agus feedhainn na sgine, no lighichean agus corrmairean. Tha euid dhiubh fhéin ag ràdh nach e mhàin nach 'eil adhartas air bith a'

tighinn air obair nan lighichean, ach gu bheil an seòrsa dotaireachd sin a' dol air ais. Ma tha pian an taobh a stigh dhiot, agus nach 'eil an lighiche cinnteach ciod a tha ceàrr, cuiridh e gu dotair na sgine thu, agus a cheart cho cinnteach 's a gheibh esan greim ort, cuirear air bòrd thu agus fosglar thu. Air uairean cha ghabh sin seachnad, ach uairean eile ghabhadh e seachnad maith gu leòr, ach feuch an innis dotair na sgine sin dhuit; chan innis na's mò na dh' innseas am fear eile dhuit ciod a tha anns a' bhotul. Cha chluinn thu ach aon naidheachd daonnan aig an fheadhainn a chuir-eadh air a' bhòrd, gu'n dubhaint an corrmairean riur gur ann direach 'n a àm a chaidh iad thuige; na'n robh iad na b' fhaide gun dol thuige, nach 'eil fhios idir ciod a dh' éireadh dhaibh! Theagamh nach éireadh dad ceàrr dhaibh, agus gu'n cuireadh feartan Nàduir ceart na bha ceàrr, ach bhitheadh dotair na sgine gun obair.

#### Èòlas no leigheas?

Tha èòlas nan dotairean a' fas a h-uile bliadhna, co dhiubh an t-èòlas a tha aca air fuil is feòil is féithean, air oibreachadh diomhair a' chuirp, agus air na galairean d'a bheil daoine buailteach, ach chan 'eil mi idir cinnteach gu bheil ealadhain aca an diugh air daoine a leigheas na's fheàrr na bha aig na seann lighichean. Tha barrachd èòlas aca air an *tinneas* a dh' fhaodas a bhi ort, ach bha na seann lighichean a' cumail an sùl air aon ni a mhàin, an duine tinn a leigheas. Bè sin ceud-thoiseacha nan nithean a theagaist Hippocrates fhéin do na h-oileanaich a bha aige ann an eilean Chos, "*Is e ceud dhleasdanas an lighiche an duine tinn a leigheas.*"

Is truagh a' chomhfhurtachd e do dhuine tinn gu'n téid aig an dotair air ainm mór eagallach a thoirt do'n tinneas a tha air, mur téid aige air a leigheas. Ach air uairean tha e tachairt gur e sin na ni an dotair air a shon, agus gu bheil e toilichte gu leòr leis a' ghalair a dheanamh a mach.

#### Gilleann-dambrod

Tha am fasan sin a' sgaoileadh an diugh, chan ann a mhàin am measg dhotaireanach an meags nan àrd-sgoilearan, nan speuradairean, agus luchd-ealadhain eile. Tha iad an dùil gu bheil iad a' tuigsinn a h-uile ni anns a' chruthachadh ma théid aca air ainm a thoirt dha. Ach chan 'eil ann an ainm ach ainm fhéin. An uair a leughas mi leabhrachaean nan daoine a tha ris an sgoilearachd ùr so, Sir Seumas Jeans agus a sheòrsa, saoilidh mi an toiseach gu bheil iad a' dol a dh' phosgladh mo shùl agus gu bheil mi a 'dol a dh' fhaotainn eòlais air rùintean-diomhair a' chruthachaidh nach robh agam roimhe, ach air a' cheann mu dheireadh tha mi mar bha mi a'

tòiseachadh, ach a mhàin gu'n d' fhuair mi an dà ni so a mach, (1) nach 'eil iad aon cheum beag na's fhaide air an aghaidh a thaobh toiseach no ceann-criche an t-saoghal a thuiginn na bha Daibhidh agus Iob, agus (2) nach 'eil anns na facail mhòra agus na h-ainmean a tha iad ag uisneachadh ach *gillean-dambrod* a tha iad a' deanamh dhaibh fhéin los gu'n téid aca air dreach na céille a chur air a' bhruidhinn agus air an deasbud a bhios iad a' deanamh mu nithean nach 'eil iad a' tuiginn. Tha barrachd de 'n chainnt sin agam-sa mi fhéin na tha agam a dh' Eabhra, ged nach 'eil uiread agam dhi's a tha aig an Ùrramach Niall Mac Phàrlainn, B.D., agus na'n toilichinn rachadh agam air labhairt ann am briathran ùra neònach a bheir-eadh air muinntir Chille-sgumain a chreidsinn gu bheil mi a' tuiginn nithean air a bheil mi a cheart cho aineòlach ri famh na talmhainn.

### Deamhan no Germ?

Mar a thubhairt mi cheana tha am fasan so agus na dotairean; an uair a bheir iad ainm air

gaoid no air galair saoilidh iad gu bheil iad 'ga thuiginn, agus gu bheil sin co-ionann ri leighes. An uair a leughas dotair gu'n dubhaint an Slànuighear gu'n deachaidh deamhan ann an duine, abraidh e nach e sin a bha ceàrr air an duine idir; gu robh e as a rian no gu'n robh an tinneas-tuiteamach air, agus nach e deamhan a bha 'g an aobharachadh sin idir, ach *germ* a bha puinnseanachadh na fala. An uair a dh' innseas e sin dhuit saoilidh e gu bheil solus is tuigse aige nach robh aig Criod, no aig na h-Iudhaich, ach chan 'eil ann an ainm ach ainm fhéin. Ciod am mùghadh a tha eadar deamhan agus germ? Chan 'eil leud na roinneige. Chan 'eil deamhain air an t-saoghal as miosa na'n fheadhainn bheaga ris an abair na dotairean *germs*. Ma tha *pneumonia* ort, no fiabhrus móri an sgamhain, nach coma dhuit gu'n abair an dotair gu'n deachaidh *pneumococcus* a steach annad, no gu'n abair am ministear gu'n deachaidh *deamhan* annad. An uair nach còrd am ministear agus an dotair, cuir thusa fios air a' bhan-altruim; *mar is luithe's ann is fheàrr.*

## Aig an Uinneig

### Teadhraichean fada

**T**HA aon de na sean-fhacail ghlic ag ràdh, "Léinteán farsuing do na leanaban òga," falal a tha a' ciallachadh gu'm feum clann a tha fàs rùm fhaotainn. Bhitheadh e a cheart cho fior a ràdh, "Teadhraichean fada do na h-oileanaich òga," oir feumaidh inntinnsean a tha fàs cothrom fhaotainn air iad fein a chleachdad, le bhi "a' leumnaich air na beanntan agus a' toirt shìnteagan air na enuic."

Sin direach a bha na h-oileanaich òga a' deanamh o chionn ghoirid, an uair a bha Prionnsa Rupprecht, am Bavaria, air a ghlaoadhach led gu sòluimte ann an Oil-thigh Oxford mar rìgh dligheach Bhreatuinn, agus sin cuideachd a bha iad a' deanamh ann an Oil-thigh eile an uair a dh'aontaich iad, an déidh dhaibh deasbud fada agus teth a bhi aca air a' chùis, gu bheil "Buidhnean Oxford" 'n an cunnart do'n dùthach.

An uair a leughas daoine as aithne dhòmhsha mu na nithean neònach sin anns na paipearan-naidheachd, fosglaidh iad an suilean le eagal is ionghnadh, is feòraichidh iad ciod a' chròch a bhitheas aig amaideas na gineil òig? Saoilidh iad gu bheil an t-àm againn Hitler dhuinn féin a bhi againn a chumail smachd air na h-oileanaich. Chan 'eil teagamh nach deanadh Hitler sin, ach is fheàrr saorsa na smachd, agus air a' cheann mu dheireadh cha dean e cron air bith daibh féin no do'n dùthach "teadhraichean fada" a bhi aig na h-oileanaich òga. Nach e aon de thoil-inntinnsean na h-òige a bhi a' cur eagail air peathraighean-t'athar?

Chan 'eil rud air an t-saoghal as prìseile na 'n t-saorsa a tha againn anns an dùthach so, agus gu sònruiichte aig daoine òga, saorsa-facail agus saorsa-inntinn, leis a bheil am buadhan air an cleachdad agus iad féin a' fàs ann am fearalas agus ann an tàbhachd. Chan 'eil teagamh nach bris fheadhainn de na bhios a' ruith air an teadhair fhada an casan air uairean, ach air a shon sin bithidh casan chàich na's làidire leis an leumartaich a tha iad a' deanamh agus na sinteagan a tha iad a' gearradh air na enuic.

A thaobh na crìche a bhitheas aig amaideas nan oilleanach a tha cumail a mach gur e am priomhsa coimheach ud a bu chòir a bhi air a chrùn, agus nan oilleanach eile a dhìt "Buidhnean Oxford," bithidh a' chrìoch aige a bha aige riamh; fichead bliadhna 'n a dhéidh so bithidh iad uile 'n am puist làidir anns an rioghachd; cuid dhiubh ann an Tigh nan Cumantan; cuid dhiubh ann an Tigh nam Morairean, cuid dhiubh 'n am ministearan, 'n an dotairean, anns an arm, aig muir, aig marsan-tachd, ach iad uile cho dileas d' an rioghachd 's gur iad a tearmunn agus a neart ann an teann-tachdaibh.

### D. L. Moody

Tha aimm an t-soisgeulaiche so air ùrachadh an cuimhne dhaoine am bliadhna, is cha bu chòir do'n dùthach so Moody a dhìchuim-neachadh, oir bha toradh buan agus maith aig a shaothair anns na bliadhnaagan a ghleidh e coinneamhan-dùsgaiddh an Albainn. Chan 'eil

a dh' eolas agam-sa air Moody ach na bhithreas mi a' leughadh uime ann an leabhrachaean mhimistearan agus dhiadhairean d' am b' aithne e agus a ghabh páirt anns na coinneamhan móra còmhla ris ; Eanruic Drummond ; W. B. Blaikie ; R. W. Dale ; Seoras Wilson ; agus feadhainn eile de 'n t-seòrsa sin. Agus is e am fianuis uile gu'm bu duine iriosal agus dùrachdach agus diadhaidh a bha ann, duine aig nach robh tàlantan móra gu nàdurrach anns an robh cumhachd an Spioraid Naoimh. Thubhairt R. W. Dale ris anns an aodann, "Bha mi car amharusach an toiseach mu na coinneamhan agad, ach tha mi a nis a' creidsinn gur ann o Dhaia a tha an obair so, oir chan 'eil mi a' faicinn dad annad-sa a dheanadh i le do bhuadhan fhéin." Ach cha do ghabh Moody gu ceàrr an rud a thùbhairt R. W. Dale.

Bu làithean sona agus beannaichte na làithean ud an Albainn ; daoine a' dol suas 'n am miltean gu tigh Dhe le aoibhneas agus le ionndrainn, chan e mhàin air là na Sàbaid ach air làithean na seachduin ; fadachd orra gus an tigeadh am feasgar agus an rachadh iad do'n choinneamh, a sheinn, agus a dh' iùrnigh, agus a dh' eisd-eachd ; luchd-oibre a' dol gu'n obair anns a' mhaduinn agus laoidhean Shankey 'gan seinn fhéin 'n an eridheachan a' coiseachd air an t-sràid, agus a' cheart cheol 'n an eridhe agus 'n am beul fad an là. "Dòirtidh mise de mo Spiorad air agus ni bhur mic agus bhur nigh-eanan fàidheadaireachd, agus chi bhur n-òganaich seallannan, agus bruadaraidh bhur seann daoine bruardaran."

Chan 'eil teagamh air bith nach d' thug obair Mhoody na foirbhich a b' fheàrr a bha aice riaghdaon Eaglais Shaoir, anns na bailtean-móra gu sònruichte ; daoine a bha 'n am puist ann an teampull Dhe fad dà fhichead bliadhna agus an còrr. Ach chaidh a' ghineal sin as an t-sealladh ; dh' fhàs a' ghineal a thàinig 'n an déidh na b' fhuaire, agus tha feum mór aig Albainn an diugh air dùsgadh iùr. Is e leithid Mhoody an tiодhlac as fheàrr is urrainn Dia a thoirt d'a eaglais.

### Na bliadhna-chan-meadhoin

Ann na té de na sailm (XCI) tha an Salmadair ag uisneachadh an fhacal so, "an sgrios a mhillies mu mheadhon-là." Ciod a bha e a' ciallachadh ? Tha aon diadhair co dhìu ag rádh gur e na cunnartan d'a bheil daoine buailteach ann am meadhon am beatha a bha e a' ciallachadh, cunnartan spioradail nam bliadhna-chan eadar deich air fhichead agus leth-cheud.

Ged nach e so a bha an Salmadair a' ciallachadh leis an fhacal ud chan 'eil teagamh air bith nach 'eil cunnartan a' tachairt air daoine ann am bliadhna-chan-meadhoin am beatha a tha na 's miosa na cunnartan na h-aoise no eadhon cunnartan na h-òige. Tha ceann-

glaichean aig daoine òga agus aig seann daoine ris an t-saoghal neo-fhaicsinneach nach 'eil aig daoine ann am meadhon am beatha. "Chi bhur n-òganaich seallannan agus bruadaraidh bhur seann daoine bruardaran." Tha barrachd dhaoine a' toirt an eridheachan do Chriosd m' an ruig iad fichead bliadhna na tha 'ga dheanamh an uair a theid iad thairis air fichead.

Tha e na's duiliche do dhaoine a tha ann am meadhon an làithean iad féin a chumail fo bhuaidh an t-saoghal eile oir tha obair is cùram an t-saoghal a tha làthair a' tarruig an inntinn agus an aire. Ann an tomathas mór tha an òigradh agus seann daoine saor o'n obair agus o'n chàram sin, a tha tuiteam air guilleannan daoine a tha luath làdir. An duine a bha cho fialaidh aig fichead bliadhna 's gu'n roinneadh e riut a thasdan deireannach, an uair a ruigeas e dà fhichead, their e "nach urrainn e dad a dheanamh air do shon a chionn gu bheil bean is clann aige." Tha dusan lethsgeul aige mu choinneamh gach fir a tha aig daoine òga agus aig seann daoine. A thuileadh air sin is ann anns na bliadhna-chan-meadhoin a tha daoine am bitheantas a' fas gaolach air iteadh, agus air òl, agus air comhfhurtachdan na feòla. Mar sin tha iad an cunnart dol thairis a dh' ionnsuidh an t-saoghal, agus dòighean an t-saoghal a lean-tuinn, eadhon ged nach diechuimhnicheadh iad Dia gu buileach. Chan 'eil ach duine annamh a chreideas gu bheil e a' fas sean eadar dà fhichead agus leth-cheud, no chreideas gu'm faod am bàs a bhi dlùth dha.

### A mìneachadh nan Sgriobturan

A bheil e ceart a bhi a' mìneachadh nan Sgriobturan ann an dòigh shamhlachail, mar nach robh iad a' ciallachadh idir an ni a tha iad ag ràdh gu litireil ach ni-eigin diomhair eile a ghabhas toirt asda ? Bha am fasan sin aig cuid de na seann diadhairean, achi e is droch fhasan a tha ann, is cha bu chòir dhuijm a leantuinn. Bha sgríobhaichean nan Iudhach anabarrach gaolach air ; mar bu mhò a bheireadh iad de nithean iongantach agus folaithe as an Fhacal Naomh le an innleachd fén is ann bu mhò a bha iad a' saoilsinn gu robh iad a' eur urrainn air. Ach fad na h-uine cha robh iad a' teagastg ach am beachdan fén agus a' feuchainn ri an daingneachadh leis na sgríobturan a bha iad a' fiaradh. An uair a thòisischeas luchd-teagaig air an t-seòrsa peasanachd so chan 'eil ceann no crìoch a' bhoglaich anns an tuit iad.

Gus an rud a dheanamh soilleir faoidh mi innseadh air an duilleig so mar a mhinich an t-athair mór-mór Augustine an cosmhalaichd a labhair Criosd mu'n duine a bha dol sios bho Ierusalem gu Iericho. Tha Augustine ag rádh gu'm b'e an duine *Adhamh* ; gu'm b'e Ierusalem am baile nèamhaidh ; Iericho a' ghealach agus.

(Ri leantuinn)



## A' Dol do Thigh Dhe

LE IAIN MAC CALMAIN, MISSIONARAIDH CHAOL-REITHE, ANNS AN EILEAN SGitheanach

*"Coimhid do chas an uair a théid thu do thigh Dhe."*—ECCLESIASTES V. 1.

**S**GRIOBH neach o chionn ghoirid do'n *Bhritish Weekly*, a dh'iarraidh orra-san a bha dol do'n eaglais aobhar carson a blia iad a' dol ann, agus orra-san nach robh a' dol do'n eaglais carson nach robh iadsan a' dol ann. Is e ceist mhór agus chudthromach a tha an so, agus chan urrainear bhi dol a mach air gu mionaideach ann an so. Ach theirinn so, gu'm bheil bunait mhaith acasan a tha dol do thigh Dhé air son dol ann. Ciod air bith a' chrioch a tha aig gach neach anns an amharc air a bhi dol do'n eaglais, mar is mothà a chì mise air slighe an dleasdanais sin 's ann is mothà mo ghàirdeachas, seadh agus nì mi ghàirdeachas, a chionn gu'm bheil an siòl agus am fonn air am measgadh còmhla, ann an seagh, agus far an gabhar ris an fhìrinne macantas bheir e toradh uaith le foidhidinn. Ann an nàdur feumaidh an siòl agus am fonn bhi air an toirt còmhla mius bi fogharadh ann.

## Ann ad chridhe

Theirinn, mar an ceudna, riutha-san nach' eil a' dol a dh'éisdeachd na firinn, nach aithne dhoibh an call, agus ged a thòisicheadh iad air bunait a leagail air son an dearmad air an dleasdanais so a thaitneas riutha féin "sguabaidh a' chlach-mheallain air falbh an didein-bhréige agus còmhdaichidh na h-uisgeachan an t-àite-folaich" (Isa. xxviii. 17). Aclu tha buidheann eile ann ris an còir facal a ràdh chum an comhfurtachd, 'e sin a' muinntir air am bheil na cothroman air an àicheadh; ma tha an eridhe anns an aobhar mhór, chan fhaic Dia éis air an anamaibh ged tha E bunntainn riutha 'n a Fhreasdal mar so. Their Dia riutha sin mar thubhairt E ri Daibhidh, "Is maith a rinn thu gu'n robh e ann ad chridhe" (1 RIGH. viii. 18). Gabhaidh an Tighearna ris an toil an uair nach 'eil e an comas an gnòmh a dheanamh. "Is beannachte iadsan aig am bheil do shlighean 'n an eridhe." Cuimhnicheamaid air an làimh eile nach 'eil na h-uile a tha air an smachdachadh a' fòghlum, mar nach 'eil na h-uile a tha dol a dh'éisdeachd a' toirt buannachd spioradail as. Air an aobhar sin buinidh e dhuinn sinn féin a cheasnachadh a thaobh na freasdal an a tha agaibh, agus gràs a shireadh chum obair Dhé a dheanamh, agus is e so obair Dhé gu'n creid sinn anns an Tì a chuir E uaith.

## Urram agus eagal diadhaidh

Dh'iarrainn aire an leughadair a tharruing a dh'ionnsuidh cuid de na suidheachaidhean anns am biodh e buannachdail dha a bhi an uair a théid e gu tigh Dhé. Anns a' cheud àite, an uair a théid sinn gu tigh Dhé, is còir dhuinn tighinn le urram agus eagal diadhaidh, a' cuimhneachadh an làthaireachd anns am bheil sinn. Chan e gu'm bheil e comasach dhuinn a bhi ann an àite far nach 'eil Esan; "cia 'n t-àit air bith am feud mi dol o d' spiorad glic, a Dhé?" Gidheadh, tha gealladh a làthaireachd gu sòruichte far am bheil daoine 'g a iarraidh, "oir ge b'e àit am bheil dithis no triùir air an cruinneachadh an ceann a chéile am ainm-sa tha mise an sin 'n am meadhon" (MATA xviii. 20), agus na 'm biodh cluas spioradail againn chluinneamaid tre chreidimh a ghuth ag ràdh, "Cuir dhiot do bhrògan bhàrr do chos, oir an t-àite air am bheil thu ad sheasamh is talamh naomh e" (Exod. iii. 5). Mar sin is éigin tighinn le urram agus eagal diadhaidh.

## Irioslachd agus dànamachd

Is còir dhuinn mar an ceudna tighinn air ar sgeadachadh le irioslachd, a thaobh na gné chreutairean a tha sinn ann—peacach, neo-airidh, agus neo-chùmpta air iomadh dòigh. Is e mar sin an t-àite iosal a bhuineas dhuinn a ghabhail, an uair a tha sinn air ar gairm gu aoradh Dhé. Agus an uair a théid thu do thigh Dhé, nach còir dhuit a chuimhneachadh gu'm bheil thu dol an sin air gnothach, agus, a charaid, is e sin an gnothach mó, gnothach nach urrainn duine eile a dheanamh air do shon ach thu féin a mhàin, gnothach diomhair eadar an t-anam agus Dia tré Iosa Criosd ar Slànaighear agus ar n-Eadar-mheadhonair, ach ged is e gnothach diomhair a tha ann bithidh a thoradh r'a fhaicinn ann an tomhas beag no mó 'n ad bheatha.

Tha sinn a rithis air ar gairm gu tighinn le dànamachd agus muinighinn. Tha an dànamachd so ag éirigh bho theisteas agus clùiù Dhé, a mhaith-eas, a thròcair, a dheagh-gheanpriseil, a dhilseachd, agus nach beag sin d'a chliù. Có as urrainn a chliù uile fhoillseachadh? Tha E mata a' simeadh na slait-òir rioghail d'ar n-ionnsuidh agus ag ràdh, "Ciod as àill leat? ciod e t'athchuinge agus ciod e t'iarrtus?" Tha E

feitheamh gu bhi gràsmhor agus ullamh gu bhi com-pàirteachadh nam beannachd sin 'ruinn air son an d'fhàg E Glòir agus air son an d'fhuiling e air Calbhari.

### Aoradh no eisdeachd?

An uair a théid sinn do thigh Dhé, nach ann a dh'aoradh a tha sinn a' dol ann? Is ann. Ach tha mòran a' call seallaidh dheth sin, agus an àite com-pàirt a bhi aca 's an t-seirbhis tha iad a mhàin 'n an luchd-éisdeachd. Tha barrachd na éisdeachd air iarrайдh oirnn; tha dùil ri deanadas. "Bithidh an duine a nì beannaichte 'n a dheanadas." Is iomadh aon a tha air fhaotainn ag éisdeachd searmoin spioradail agus dhùrachdaich, agus a mholas e an uair a thig e mach, ach fhathast air nach 'eil an searmon sin a' deanamh atharrachaidh sam bith, agus sin a mhàin a chionn e bhi 'g éisdeachd gu dearmadach. "Bheachdaich e air fèin agus dh'imir e roimhe, agus dhì-chuimhnich e air ball ciod an coslas duine a bha ann fèin" (SEUMAS i. 24), ged a bha an searmon a' toirt a choslais fèin ri aghaidh fad na h-ùine.

### Am air gach ni

Feudaidh sinn a bhi 'n ar comh-oibricean ann an tigh Dhé. Is iomadh dòigh air am feud sinn cuideachadh leis a' mhinisteir, ach tha aon dòigh ann gu sònruichte air am feud an luchd-éisdeachd cuideachadh leis, agus is e sin le an sùil a bhi air, an cluas ris an fhocal, an cridhe air Dia. 'N am faighte comhthional mar sin,

saoilidh mi nach biodh e doirbh do fhear-teagaisg labhairt riutha. Tha droch fhasan aig cuid a bhi leughadh a' Bhiobuill, neo a' tions-dadh nan duilleag am feadh tha an searmon dol air aghaidh. Tha àm freagarrach air gach nì fo néamh, agus air an aobhar sin, do bhrigh gur e àm na h-éisdeachd a tha ann, bhiodh e na bu bhuannachdail do neach a Bhiobull a dhùnadh aig an àm sin agus aire gu léir thoirt do 'n nì a dh'iomnsuidh am bheil e air a ghairm aig an àm. Is ann mar sin a bhiodh buannachd aige de'n fhocal, an uair a dh'éisdeadh e agus a bheireadh e fainear e. Chan e a mhàin gu'm bheil againn ri thoirt fainear *ciod* a chluinneas sinn ach mar an ceudna *cionnus* a dh'éisdeas sinn. "Thug-aibh fainear," arsa Criod, "cionnus a dh'éisdeas sibh," agus cha bhuin e dhuinne a chomhairle a chuir an suarachas. An uair a tha ùrnuiugh air a cur suas agus aideachadh intte air peacadh, agus buidheachas air a thoirt air son maiteas agus tiodhlacan Dhé, bitheadh buaidh aig sin oirnn. An uair tha am Focal 'g a leughadh, cuimhnich gur e so Focal Dhé agus is coir ümhlaichd a thoirt dha, agus ma tha bagraidean ann is coir criothnachadh, agus ma's e cuireadh agus gealladh a tha ann an dùilt mi e? Ma dhìultas, nach ann air m'anam a bhithreas an call?

Sin, ma tà, cuid de na suidheachaidhean anns an coir dhuinn tighinn gu tigh Dhé agus cuid de na dòighean anns an urrainn dhuinn com-pàirt a bhi againn anns an t-seirbhis mhóir so, ma tha sinn a' miannachadh beannachd.

## Anns a' Chathair

**A**NNS na làithean so tha móran bruidhne 'g a deanamh mu chor na Gàidhealtachd, ach chan 'eil dad a' tighinn aisde. An dràsd 's a ris chi sinn anns na paipearan-naidheachd gu bheil Comunn ùr air a chur air bonn gus cùisean a chur ceart anns a' Ghàidhealtachd agus an sluagh a chumail intte, ach ged tha àireamh nan Comunn sin a' fas, agus àireamh nan daoine a tha an dùil gu bheil Innleachd no Plan aca a bheireadh soirbheachadh do'n Ghàidhealtachd, chan 'eil dad a' tighinn as a sin ach bruidhinn, agus bruidhinn a tha air uairean a' dorchachadh comhairle le a teas fhléin.

Chan 'eil e furasd a ràdh ciod a tha ceàrr air a' Ghàidhealtachd an diugh, no ciod a ghabhadh deanamh nach 'eil air a dheanamh cheana. An uair a cheasnaicheas tu an fheadhainn a tha caidh cor an dùthcha chan urrainn iad a ràdh gu bheil dad ceàrr oirre ach gu bheil an sluagh a' tanachadh agus a' Ghàidhlig a' basachadh. Tha sin fior, ach co aige a tha a' choire, no ciamar a ghabhas e leasachadh? Sin ceistean a shaoileas daoine a tha furasda gu leòr fhuas-

gladh gus an iarr thu orra innseadh dhuit gu soilleir ciod an innleachd a tha aca air daoine a chumail air an fhearann, agus air a' Ghàidhlig a chumail an cleachdadh, ach a cheart cho luath's a cheasnaicheas tu iad chì tu nach 'eil innleachd air bith aca ach mar tha agad fhéin. Air neo ma tha innleachd aca 's e innleachd nach gabhadh cur an cíll gun chuid-eigin a bhi a' cumail smachd air an t-sluagh mar tha Hitler agus Mussolini a' deanamh, no nach gabhadh cur an cíll gun airgiad mór o'n Ghovernment a thaomadh do'n Ghàidhealtachd. Tha e dulich an diugh saorsa an toile a thoirt o dhaoine (bu dona na'n deanteadh sin) agus is ann le saorsa an toile fèin agus le comhairle shuidhichte a tha a' Ghàidhealtachd 'ga tanachadh.

### Clann 'n an dragh

Chan 'eil barrachd dhaoine a' fàgail na Gàidhealtachd na b' àbhaist; chan e sin an t-aobhar gu bheil àireamh an t-sluagh a' dol sios; is e an fhior aobhar nach 'eil daoine toileach clann a bhi aca. Tha clann 'n an dragh

agus 'n an cuing agus sin dà rud nach toigh leis a' ghineal so.

An dràsd 's ris chithear anns na paipearan-naidheachd gu bheil muinntir an eilein ud no an eilein ud eile an cruaidh-chàs agus an airc mhuladach, ach chan 'eil falas firinn anns na naidheachdan sin ; chan 'eil annta ach ràbhart luchd-pinn a bhitheas a' glaoadhach àird an cinn air eagal nach éisdear riù air dhòigh eile. Tha muinntir na Gàidhealtachd agus nan Eileanan air deagh dhealbh anns na làithean so ; cha robh iad riamh cho maith dheth 's a tha iad ; chan 'eil gin dhiubh a' fulang acais no éiginn.

Chan 'eil a' Ghàidhealtachd a' dol sios ach mar tha àitean-dùthcha eile a' dol sios. Ann an siorramachd Pheairt ; air machair Rois ; anns na sgìreachdan-dùthcha an Dun-fris, tha an sluagh a' tanachadh agus na sgoilean a' fàs falambh na's luaithe na anns na h-Eileanan Siar. Tha na's lugha de stoc dhaoine air sgìreachdan reamhar ann an Lobhdaidh na tha air sgìreachdan bochd ann an Leòdhais. Tha craos nam bailtean-móra a' tarruing a steach agus a' slugadh nan àitean-dùthcha mar bha a' mhuc aig bean Eachainn Thirstich ag itheadh a codach fhéin agus roinn chreutairean eile cuideachd.

### Aobharan an tanachaидh

A réir mar tha mise a' faicinn anns na sgìreachdan-dùthcha as aithne dhomh tha na còig nithean so a' combh-oibreachadh le chéile gus an dùthach a thanachadh ;

(1) Cion oibre.

(2) Cion thighean.

(3) Oighreachdan móra an làmhan uachdaran bhochda.

(4) Laghanna na dùthcha air an deanamh gus a bhi freagairt air luchd-oibre nam bailtean-móra na's fheàrr na tha iad a' freagairt air tuathanaich agus croitearan.

(5) An gaol a tha aig an òigridh air stararaich nam bailtean-móra, agus a' ghràin a tha aca air obair fearainn.

Tha e duilich a ràdh ciamar a ghabhas obair a thoirt do dhaoine mur bheil feum air an obair sin gu nàdurra ; ma thòisichear air obair a deanamh gun aoibhar ach cosnadh a thoirt do dhaoine, is miosa a dheireadh sin na thoiseach. Na'n tòisicheadh an Government air obair a deanamh los cosnadh a thoirt do dhaoine theagamh gur e a' chrioch a bhiodh aige gu 'n éireadh baile suas far an robh an obair, baile a chreachadh an dùthach mar tha Glaschu no Lunnainn 'g a creachadh an diugh. Is theagamh ann am fichead bliadhna gu'm biodh an dara leth de mhuinntir a' bhaile sin air an Déirc,

### Rathaidean ùra

Tha an Government a' cur romhpa suim mhór airgid a chosd a dheanamh rathaidean maithe anns a' Ghàidhealtachd. Tha sin feumail, eadhon ged bheir e barrachd cosnadh do dh' Eirionnaich na bheir e do na Gàidheil (cha toigh le Gàidheil obair ghoirt no obair shalach), ach chan ath-nuadhach rathaidean maithe a' Ghàidhealtachd ; cha dean iad ach an sluagh a thanachadh na's miosa na tha e, ged a dh' fhaoadas òsd-thighean ùra cinneachadh an sud agus án so, agus a bhi soirbheachail. Ach is dona a' chrioch e do'n Ghàidhealtachd a bhi 'g òsdaireachd anns an t-samhradh agus a bhi dol air an Déirc anns a' gheamhradh. Mar is fheàrr agus is farsuinge na rathaidean is ann is duiliche e do mharsantan agus do luchd-ceaird am beò-shlàint a dheanamh air an dùthach ; cuiridh bùthan-móra nam bailtean-móra bùthan-beaga na dùthcha ann an cùil chumhainn. A cheart cho luath 's a nithean farsuing na rathaidean gu taobh Shiar Rois agus gu taobh Tuath Chataibh bitidh iad trang fad an t-samhraidh agus an fhoghair le càraichean agus busaichean agus luchd-siubhail eile air cuibhlichean, ach is e glé bheag de bhuannachd a bheir sin do mhuinntir Rois no do mhuinntir Chataibh ; bitidh a' bhuannachd uile do bheagan òsdairean, agus do mharsantan Ghlaschu no Ionar-nis. Ri mo cheud chuimhne b' àbhaist dhuinn ar tea agus ar siuar a cheannach o'n mharsanta againn fhéin ann an Cille-sgumain ; ar min-choirce o'n mhuilleir ; ar brògan o'n ghreusaiche, agus ar n-aodach o'n tàillear againn fhéin, ach a nis o na rinneadh na rathaidean farsuing tha bùthan-air-chuibhlichean a' tighinn thugainn á Dùn-deagh agus á Glaschu, agus chan fhada gus nach bi marsanta, no muillear, no greusaiche, no tàillear anns an sgìreachd. Tha na rathaidean farsuing air am faod marsantan-móra bùthan-air-chuibhichean a chur gun mhàl a' cur as daibh. Tha na cisteachan anns a bheil sinn a' cur nam marbh a' tighinn thugainn á Glaschu ; is b' fheadar do'n t-saor dol 'n a ghille-frithealaidh do na Sasunn-aich a bhios ag iasgach bhreac.

### Gainne thighean

Is e e ionn thighean an cion as miosa a tha air àitean-dùthcha anns na làithean so. Ged tha aireamh an t-sluagh a' dol sios chan 'eil aon tigh anns an sgìreachd so falamh ; an uair a bhitheas tigh falamh bitidh dusan 'ga iarraidh a dh' aon leum. Ach cò a chuireas suas na tighean ? Sin an gnothuch. Cha chuir na h-uachdarain suas iad, an dara cuid a chionn nach 'eil airgiad aca, no a chionn nach fhaigh iad de mhàl orra na bheir dhaibh riadh cothromach air son na chosd iad dhaibh. Cuiridh iad suas tighean air son luchd-oibre na h-oighreachd, ach is e sin uile e. Cha mhò a tha daoine an diugh toileach tighean a chur

suas as ùr dhaibh fein, eadhon ged bhithheadh de airgiod aca na leigeadh leò sin a dheanamh ; is fheàrr leò an dùthaich fhàgail seach tigh a chur suas, agus dol do'n bhaile-mhór far a bheil e na 's phasa tigh fhaotainn air mhàl. Is ann air Comhairle na Siòramachd a chuir a' Phàrlamaid an dleasdanas so, tighean ùra a chur suas air son an luchd-oibre, no an àite sheann tighean a bha tuiteam. Ach chan 'eil Comhairlean nan Siòramachdan a' cur suas ach na dh' fheumas iad a dheanamh ; cha għluais iad gus an cuir Bòrd na Slàinte eagal orra. Is e a tha tachairt, ma ta, nach 'eil sgireachd-dùthcha idir anns a bheil barrachd thighean na tha dhith air na tha innte de luchd-oibre, air chor agus ma leigeas fear-oibre, no ciobair, no geomair, no duine eile, dheth a dhreuchd, no ma théid tuathanach a mach a fhearann, no maighstir-sgoile no bancair a mach as an dreuchd, gu'm feum iad uile an sgireachd fhàgail a chiomh nach urrainn dhaibh tigh fhaotainn innta, ged bhithheadh an cridhe an ceangal ris an àite anns an do chuir iad seachad am beatha. Tha mise a' faicinn sin ann am Blàr a h-uile bliadhna ; daoine gasda a' fàgail an àite a chionn nach fhaigh iad tigh ann, air an iomain leis an éiginn do'n bhaile-mhór no do Bhaile-chloichridh.

### Droch laghanna

Fhreagrath e gu gasda air tuathanach agus air croitsean prísean cruidh is chaorach a bhi àrd, agus siol agus buntàta a bhi daor, agus bhithheadh e furasda gu leòr do'n Ghovernment prísean a chumail suas le siol agus feòil nan rioghachdan eile a chumail a mach as an dùthach, ach cha fhreagrath sin air luchd-oibre nam bailtean-móra. Chán 'eil a dhith orra-san ach biadh saor, agus tha iad cho liomhhor agus cho làdir 's nach 'eil e furasda do'n Ghovernment dol 'n an aghaidh. Thubhairt Coinneach Odhar gu'n cuireadh peirceall na caorach an crann air an pharadh, ach ged rinn na caoraich sin ann an tomhas, is e siol Innseanach na h-

Argentine agus cruithneachd America a tha a' cur a' chroinn air na sparran an diugh. A h-uile uair a tha a' cheist so air a cur ris an dùthaich, co dhiubh is fheàrr am biadh a bhi saor no fearann na dùthcha so a bhi air a chumail fo'n chramm, tha luchd-oibre nam bailtean-móra ag iarraidh a' bhìdh a bhi saor. Sin aon de na h-aobhair gu bheil a' Ghàidhealtachd 'g a leigil a mach fo fheur, ach ciod air bith a their daoine eile, is e an t-adhartas a bu mhaith leamsa fhaicinn anns a' Ghàidhealtachd, am fearann a bhi air àiteach agus uiread thuathanach agus chroitsean air 's is urrainn e a għiūlan, agus seòrsa thuathanach agus chroitsean nach bitheadh a' leigil an taic ris a' Ghovernment.

### Cor nan iasgairean

Ach tha aon ni a dh' fhaodadh an Government a dheanamh gun mhóran dragha no cosduis, agus a bhiodh chum maith na Gàidhealtachd, na cladaichean shiar a dhùnadh air na tràlairean a bhos ag iasgach timchioll orra agus a tha an deidh milleadh móra a dheanamh air na lochan a b' àbhaist a bhi làn de gach seòrsa éisg, lochan anns nach 'eil lann ri fhaotainn an diugh. Ann am bliadhnaagan a' Chogaidh bha iasg paitl mu'n cuairt a' chladaich anns na h-eileanan agus b' e an t-aobhar gu robh na tràlairean air an toirt air falbh gu obair eile anns na bliadhnaagan sin, agus gu robh siol an éisg a' fhaotainn cothroim air tighinn beò seach a bhi air a għluasad leis na tràlaichean agus air a thilgeadh air tir 'n a stacanna.

Na 'n dùnadh an Government an geata-mara eadar am Parbh agus Buta Leòdhais, agus an geata-mara eile eadar Ceann Bharraidh agus Eirinn, agus 'n an cumadh iad na tràlairean taobh a mach nan geatachan sin, dheanadh sin feum móra do na h-iasgairean. Mur bi iasgairean agus croitsean anns na h-Eileanna agus taobh a' chladaich air tir-nóir, ciod a b' fheárrd a' Ghàidhealtachd rathaidean agus petrol agus tighean-òsda agus luchd-siubhail ?

## Anns a' Choille Bheithe

*ANNS A' CHOILLE BHEITHE*

*AISLING caillich mar a dùrachd.* Glé thric e sin an t-aobhar a bheir sgiathan do naidheachd. B'e sin an t-aobhar gu'n deachaidh Naidheachd nan saighdearan Russianach o cheann gu ceann de'n rioghachd ann an ceithir uaire fichead. Bha arm Bhreatuinn agus arm na Frainge ann an cunnart ; bha na Gearmaitlich a' brùchadh a steach air am muin mar thuil nach gabhadh cumail air ais ; bha cridheachan dhaoine anns an dùthach so air chrith le imcheist is eagal, gun fhios aca ciod a dh' fhaodadh iad fhaicinn anns na paipearan-naidheachd am màireach. An uair a bha an rioghachd uile

anns an t-suidheachadh-inntinn sin chualas am facal *Russianach* (gun fhios cò thubhairt e no cia as a thàinig e) agus ann an aon oidhche sgaoil an naidheachd air feadh na rioghachd uile gu robh miltean gun àireamh de shaighdearan Russianach air tighinn air tir an Obair-eadhain agus am bailtean-puirt eile, air an rathad gu Southampton far am faigheadh iad aiseag do'n Fhraing. *Aisling caillich mar a dùrachd.* Creididh daoine an ni as toigh leò a chreidsinn ged nach bitheadh ann ach a' bħreug, ach cha chreid iad an fħirinn mur bheil an fħirinn a réir am miann. Chan 'eil ann an reuson mhic

an duine ach cuile lag an coimeas ri cabar làdir a thoile.

Cha do chreid mise naidheachd nan saighdearan Russianach aon leth-mionaid riamh, ged chuir m' as-creideamh fearg agus miothlachd air cuij de mo luchd-eòlais, daoine a chumnaic iad le'n sùilean fhéin, agus a chual o dhaoine creideasach eile gu robh an naidheachd écho fior ris a' bhàs. Ach ged nach abair mi an còrr mu na Russianaich, bu mhaith leam sgeul neònach no dhà eile innseadh a tha a' cur soluis air an dòigh *anns am falbh naidheachd*.

### Am ministear agus an telegram

Ged nach ann an Cille-sgumain a thachair e faodaidh mi ainm Chille-sgumain agus ainm an Urramaich Niall Mac Phàrlain, a ghabhail an iasad, no an diomhanas ma thogras sibh, agus an sgeul so innseadh uime-san.

Ann am Miosachan sòrnruichte bha Urnuigh air a cur air aon de na duilleagan a h-uile mìos, air a sgrìobhadh leis an Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D. Dh'fheumadh a h-uile facal a bha ri bhi anns a' Mhiosachan a bhi an làimh a' chlò-bhuailteir air là sòrnruichte de'n mhios, ach cleas a dhaoine, cha do rinn an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., riamh obair an diugh a dh'fhaodadh e fhàgail gus am màireach, agus glé thric bhitheadh am fear-deasachaidh agus an clò-bhuailtear a' feitheamh dhà no tri làithlean ris an Urnuigh.

Uair a bha i na b' fhaide gun a ruighinn na b' àbhaist chuir am fear-deasachaidh telegram thuige, "Feum air Urnuigh gun dàil." Gu ceart is e bu chòir dha a rádh, "Feum air an Urnuigh gun dàil," ach gus sgillinn a shàbhhaladh, dh'fhág e a mach am facal *an*, agus 'nuair a ghabh caileag a' Phost Office am fios-dealain ud o'n Oban sgrìobh i u bheag an àite U mhór, "Feum air Urnuigh gun dàil."

An t-seachduin roimh sud chaidh bean a' mhiniștir do Dhùn-éideann, agus gun dad aice fo'n fhacal, thubhairt caileag a' Phost Office ris a' bhalach a bhiodh a' liubhairt nan telegrams, balach a bha car leasg agus mairnealach, "Ruith do'n Mhanse cho luath 's a bheir na cuibhlachean ann thu agus gun fhios nach 'eil bean a' mhiniștir tinn."

Thachair am ministear air a' bhalach aig an dorus; dh'fhosgail e an telegram, agus 'nuair a chunnaic e ciod a bha innte, thuit 'aodann, oir dhìchuiumhnich e gu robh aige ris an Urnuigh a sgrìobhadh air an t-seachduin ud, is bha e a nis ro ammoch sin a dheanamh, oir ann an ceathramh na h-uarach bha e a' falbh air a' charbad-iaruinn do Dhum-éideann.

Dh'fhalbh e air chabhaig; bha cho beag a dh'ùine aige a dhol a dh'ionnsuidh na stéisun's gu'm b'fheudar dha ruith.

An uair a chaidh am balach air ais dh'fharraid caileag a' Phost Office dheth an cual e ciod a

bha ceàr? Cha chuala. Am faca tu am ministear? Chunnaic. An d' thubhairt e dad riut? Cha d' thubhairt. Am faca thu e a' fosgladh na telegram? Chunnaic. Ciod a rinn e? Thog e a dhà làimh, bhail e a bhois air a bhathais, is ruith e a steach do'n Manse, agus an ceann greis bha e 'n a ruith a dh'ionnsuidh na stéisun.

Bu leòr sin do'n chaileig. Dh'innis i ann an eagar do dhuine no dhà gu robh bean a' mhiniștir fiadhaich tinn ann an Dùn-éideann, cho tinn's gu robh iad a' deanamh ùrnuigh air a son, agus gu'n d'fhalbh am ministear 'n a ruith a bhreith air an train. Dh'innis an duine no dhà sin ann an eagar do thriùir no cheathrar eile nach robh dòchas air bith aig na dotairean gu'n tigeadh i bhuaith. An sin stad a' chagarstaich, oir cha bu sgeul-ruin e na b' fhaide, is thòisich an naidheachd air sgaileadh. Thubhairt bean an Tàilleir gu'n do shiubhail piuthar-a-màthar le pneumonia, agus gu'n d' thug ise an aire an droch choltas a bha air bean a' mhiniștir an là mu dheireadh a bha i anns an eaglais. Ma tha pneumonia oirre-se, arsa bean a' bhancair, foghnaidh sin.

Am feasgar sin fhéin, 'nuair nach d' fhuair fear-deasachaidh a' Mhiosachain fios-freagairt o'n Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., chuir e telegram eile thuige a bha air a liubhairt anns a' Mhanse greis mhaith an déidh dha falbh do Dhùn-éideann, "Tha mi duilich gu bheil e a nis ro ammoch." Ged nach robh an telegram sin air a fosgladh bha e air feadh Chille-sgumain ann an uair a dh'ùine gu'n do shiubhail bean a' mhiniștir le pneumonia; gu robh trì dotairean timchioll oirre, agus làn an tighe de mhiniștearan ag ùrnuigh air a son, ach a dh'aindeoin sin uile, gu'n do bhual an tinneas i cho làdir 's nach do sheas i ach dà là ris. Thòisich muintir Chille-sgumain air foighneachd de chàch a chéile an eulas c' uin a bhitheadh an tiодhlachadh ann, ach am feadh 's a bha iadsan a' feitheamh ri telegram mu'n tòrradh bha Niall Mac Phàrlain agus a bhean gu h-aighearrach an Dùn-éideann, edar an Zoo agus Tigh-nan-dealbh.

An creideadh tu gu'n tachradh a leithid sud am measg dhaoine laghach firinneach; doine nach d' fhág gin dhiubh an sgoil gus an robh iad ceithir bliadhna deug co dhiu, agus cuid dhiubh fada na bu shine?

### Bàrnabas Tòbit agus Susanna

So sop eile a leigeas fhaicinn dhuit mar a sgaoileas naidheachd. Ann an Oil-thig Chill-rimhinn bha ard fhear-teagaig a bha 'n a sgoilear maith. Faodaidh ni Bàrnabas Tobit a rádh ris, ged nach b' e sin ainm idir. Ach ged bha e math air Eabhra agus air Greigis, cha robh bean aige, rud a bha 'n a iongnadh do bhoirionnaich Chill-rimhinn, agus rud air am bitheadh iad a' bruidhinn 'n am measg fhéin,

oir bu duine e leis am bu toil companas a chochreatairean.

An uair a bha Press Oil-thigh Oxford a' cur a mach leabhrachaean an Apocripha dh'iarr iad air Bàrnabas Tòbit an dà sgrìobhadh so a ghabhal os làimh, *Susanna*, agus *Oran na Trìùir Chloinne*, no mar theirear ris gu goirid, *An Trìùir Chloinne*. Thug e seòrs de ghealltanas gu'n deanadh e an obair so dhaibh agus gu'n ullaiceadh e na sgrìobhaidhean ud air son a' chlò, ach bha e cho màirnealach uime agus bha e cho duilich dhaibh dad fhaotainn as a làmhan 's gu'n do thòisich Press Oil-thigh Oxford air am faidhidinn a chall, agus mu dheireadh chuir iad telegram thuige ag iarraidh air an gnothuch a chur an dara taobh gun an tuilleadh dàlach, "An gabh thu 'Susanna' agus 'An Trìùir Chloinne' no nach gabh? Freagair a dh'aon ruith." Chuir e am freagairt air ais leis a' bhalach a thàinig leis an telegram. "Gabhaidh mi 'Susanna' ach cha ghabh mi 'An Trìùir Chloinne.'"

Ann an seachduin bha e air feadh Chillrimhinn gu robh Barnabas Tobit a' dol a phòsad. Cha b' urrainn duine air bith innseadh cò i, ged bha na boirionnaich ann an ireapaich a chluinn-tinn, ach bha e air a mhonnmhur gur e Susanna a b' ainm dhì; bantrach aig an robh trìùir chloinn, ach gu'n do rinn Bàrnabas Tòbit cùmhناnt ri a cuideachd nach bitheadh gnothuch aige ris a' chloinn, agus gu'm feumadh iad an cumail ann

an Oxford. Bha e air a ràdh cuideachd gu robh i leth-cheud, mur robh i os a chionn, agus gu robh Tòbit a' feuchainn ri tarruing air ais gus an do bhruidhinn a cuideachd gu maith teamann ris.

Feuch, cia mór an connadh a lasas teine beag! Togail mhór air stéidh nach seas!

### An fhìrinn air a dreach

Bha mi uair-eigin an dùil gur e a' bhuannachd as fheàrr a gheibh daoine bho sgoil, gu bheil an t-ionnsachadh a tha iad a' faotainn anns an sgoil 'g an dion o bhi creidsinn naidheachdan no barragh-lòir air nach 'eil dreach na firinn. Bha mi an dùil gu'n teagaisg sgoilearachd do dhuine an fhìrinn aithneachadh air a dreach. Tha daoine ann as urrainn sin a dheanamh, aithníchidh iad an fhìrinn air a dreach, ach tha mi a' faicinn a nis gu'm faighean an seòrsa sin am measg dhaoine nach d' fhuair a bheag de sgoil cho tric 's a gheibhhear iad am measg sgoilearan. Cha dean "ionnsachadh" no "sgoil" atharrachadh mór air an intinn a tha aig duine gu nàdurra. Cuir duine aig a bheil intinn C3 gu nàdurra do'n Chollaist fichead bliadhna, agus cha bhi aige ach intinn C3 air a' cheann mu dheireadh, ged bhitheadh treathlaich mhór a dh'èdas aige. Agus air an làimh eile aithníchean air an intinn a tha A1 ged nach bitheadh a' bheag de sgoil ann an ceann an fhir aig a bheil i. Is treasa dùchas na oilean.

## Ichabod

(BHA so air a chur thugam á eilean Thiriodh Le Ceit Nic Fhionghuin, ann an Odhrisgear, agus tha mi 'g a thoirt am follais a chionn gu bheil e ag ùrachadh mo chuijmhe féin, agus gu'n ùraich e cuimhne dhaoine eile anns na h-Eileanan an Iar air an duine bheannaichte, an t-Urramach D. T. Mac Aoidh, nach maireann. Tha gineal ùr ag éirigh suas do nach b' aithne D. T. Mac Aoidh no a dhòighean.)

Bho chionn ghoirid bha mi a' dol thairis air seann-litrichean a fhuair mi o chionn fhada, agus 'n am measg thachair té orm bho'n mhinistear Mac Aoidh, agus *tract* Bheurach 'n a broinn fo'n ainm 'Ichabod.' Leugh mi an *tract*, is chòrd i riùm cho maith 's gu'm b' fheàrr leam gu'n gabhadh i cur ann an Gàidhlig. Ach cha ghabh.

Their cuid gu bheil a' Ghàidhlig na's mìlse na Bheurla. Tha, ma's ann air gnothuichean Gàidhealach a thatar a' bruidhinn, ach gnothuch a tha air a thoirt á cànan eile cha bhith-eadh e idir cho milis ann an Gàidhlig.

### Duine gun grhuaim

'S ann againne a bha an reuson a bhi taingeil an àine fhadha a bha Mghr Mac Aoidh againn 'na

mhinistear an Tiriodh. Ged bha ministearan maith eile againn, chan fhaca mise riamh duine eile a bha cho coltach ris an rud a bu chòir do mhinistear a bhi 'na dhol a mach, mar their sinn, ri Mghr Mac Aoidh. Cha chuireadh ni fo'n ghréin fuadach air o thigh air bith, agus cha robh fuath 'na inntinn do neach air thalamh. Duine naomh, ged is beag a bha de choltas naoimh air, co dhiu aig amannan, oir bha e làn dibhearsain. 'N uair a bhitheadh e a' searmonachadh bha e a' lasadh le dùrachd agus trom air fhéin, ach cha robh coltas aingil air anns a' phupaid air a shon sin. Is gann gu'n tuigeamaid gu dé a bhiodh e ag ràdh, ach bha l-uile duine toilichte le a shearmanoin, agus mar shearmanoiche cha robh a leithid ach annamh. Tha cuimhne agam gu maith gur e se toiseach na h-ùrnuigh aige daonnan, "A Thi Naoimh agus Uile-bheannaichte, is Tu féin a mhain an aon Dia bòd agus fior," agus fad na h-ùrnuigh bhitheadh e 'ga chrathadh féin a null 's a nall air a' shàil anns a' phupaid.

### Na làithean sona

O, nach bu mhaith na'n robh sinn air ar n-aïs anns na làithean ud! Ach chunnaic mise na làithean ud, is foghnaidh sin. Bithidh iad 'n

am chunhne gu bràth, agus is e sin an t-aobhar gu bheil mi ag ràdh gu bheil aobhar againn a bhi taingeil gu robh Mghr Mac Aoidh againn mar mhiniestear móran bhliadhachan.

Bha an litir air an do sheall mise an là roimhe air a sgrìobhadh 'nuair a bha e fhéin agus a bhean a' fágail an eilein ; 's e a bhean a sgrìobh i, ach chuir e fhéin criomaninte aig an deireadh, agus *tract* agus earail mhàith an bhithadh e a' deanamh daonnan. Cò riamh a fhuair litir o Mhghr Mac Aoidh gun sin ?

Is duilich leam a bhi faicinn a' Mhanse aige a' dol a dholaidh an diugh ; do 'n ghineal againne is e " Manse Mhic Aoidh " a bhios ann gu bràth. Rud bochd a tha ann, mansaichean agus tigheansgoile a bhi falamh, no air an suidheachadh air mhàl. Chan ann air a shon sin a chaidh an cur suas, ach air son gu'm biodh daoine ionnsaichte anna aig am biodh uighdarras am measg an t-sluagh ; daoine a b' fhiach dhuit feasgar a chur seachad còmhla riu anns an t-seòmar, agus a bheireadh dhuit eòlas agus *edification*. Ach chan fhaigh thu sin an diugh ann an tigh-sgoil anns an àite so ; chan 'eil romhad ach mar gu'm biodh *encyclopaedia* làn de threathlaich anns nach 'eil bladh no tlachd. *Ichabod ! Ichabod !, dh' fhalbh a' ghlòir o Israel.*

### An diadhaidheachd fhior

Cha toigh leam uair sam bith a bhi gabhair gnothuich ri ministearan no ri daoine a tha a' searmonachadh ; is maith leam air sgath Nèimh leigeil lèò. Cha mhise am breitheamh, ach air a shon sin chan 'eil e duilich do dhuine a thàinig gu aois fhaicinn nach 'eil eòlas no sealladh aca air nèamh no air a' bheatha a tha romhpà seach mar tha againn fhéin, oir tha sinn uile mar gu'm bitheadh a' chlann bheag a thaobh an t-saoghal spioradail nach fhaca sinn riamh. Tha an t-amadan as mothà cho fiachail ann an sealladh Dhe ris an duine aig a bheil ionnsachadh agus gliocas. Duine air bith a tha deanamh mar is fheàrr is urrainn dha, agus nach 'eil naimhdeil no eucorach ann an gnothuichean saoghalta, sin an seòrsa duine a tha ionnmhuinn le Dia. Tha peacadh agus peacadh ann, ach is

e na peacaich as miosa, an fheadhainn a tha sanntach, cuilbheartach, guineach, a dh' aindeoin gu bheil eòlas aca air a' Chreideamh Chrios-duidh. Thig iomadh rud nach 'eil Criosdail a steach air t' inntinn air uairean, air chor agus gu'n abair thu riut fhéin, " *Cha bu chòir dhomh sud a ràdh,*" no " *Tha mi duilich gu'n do rinn mi sud,*" ach bheir Dia maithneasan do dhuine de'n t-seòrsa sin ma dh' iarras e e.

Ach is rud eile e daoine a bhi a' suidhe anns an eaglais agus coltas cho sòluimte orra 's gu'n saoileadh tu gur ann an nèamh a tha an smuaintean, agus an smuaintean air beathaichean an coimhleasnaich a dh' fhàg iad dlùth do 'n mhòintich oidhche Shathurna, an dochas gu'n rachadh aon de na beathaichean intte. Am faigh a leithid sin de dhaoine nèamh. Chan fhaigh, chan fhaigh ; chan abradh am ministear Mac Aoidh fhéin gu'm faigh, ged bha e cho maith agus cho caomhail 's nach bu toigh leis duine air bith a dhùnadhl a mach á nèamh.

Chan 'eil uair a sheallas mi air a' Mhanse aige nach cuimhnich mi air ; am Manse anns an robh duine naomh aig an robh uighdarras, ministear ris ann b' fhiach ministear a ràdh agus duine-usual. Ach tha am Manse a nis falamh ; agus chan fhaicear an diugh 's an àite so a leithid.

Fhreagradh am Manse gu gasda air ministear mór ceart a leig dheth a dhreuchd ann an deireadh a láithean agus a shealladh thairis air an fheadhainn òga, seann duine còir a bheireadh searmon ceart do 'n t-sluagh an dràsd 's a rìs, chan ann air son cosnaidh ach le toil a bhi bruidhinn ri daoine mu Dhia agus mu'n bheatha mhaireannaich. Na 'n toilicheadh e dh' fhaodadh e a bhi deanamh laoidhean 'n a sheann aois, ach e is mo bharail fhéin gur fheàrr do dhaoine aon laoidh mhàith a bhi aca 'g a seinn daonnan seach a bhi ag uisneachadh tòrr de laoidhean dona, anns nach 'eil, an déidh saothair mhór a chosd orra, ach an aon ni ann an atharrachadh dòigh.

Tha an t-àm agam sgur ach b' fheàrr leam gu robh Manse Mhic Aoidh air a shuidheachadh air mhàl air ministear de 'n t-seòrsa a tha mi ag ràdh. Tha an t-àite cho bòidheach, ach tha *Ichabod* air a sgrìobhadh air na ballachan, agus air na h-uinneagan, agus air a' ghàrradh.

## Aig an

## Uinneig

na'n gabhadh sin deanamh 's e an t-Seann Eaglais a bhiodh freagarrach air son na Gàidhlig. Cha mhór nach 'eil e cho duilich dà chàinain a chumail beò ann an coimhthionail 's a tha e seirbhis a dheanamh do dhà mhaighstir.

Cha mhór eaglaisean anns a' Ghàidhleatachd a tha na's truime air ministear na Seann Eaglais an Obain, far a bheil trì seirbhisean a h-uile Sàbaid, a thuilleadh air classaichean

### Cléir Lathurn

**T**HA na h-eaglaisean a bha gun mhiniestear Tam an Cléir Lathurn a' faoatainn dà mhiniestear òg a bhithreas 'n an neart do'n Chléir ; Uilleam Dòmhnullach, M.A., a tha dol do Sheann Eaglais an Obain, agus Calum Mac Thòrcadail, M.A., a tha dol do Lios-mór.

Tha uiread a dh' eaglaisean anns an Oban 's gu'm faodadh té dhiubh a bhi 'n a h-eaglais Ghàidhlig uile gu léir, gun Bheurla idir, agus

Biobuill agus sgoil-Shàbaid. Ach gu fortanach tha am ministear ùr òg, agus luath, agus làdir, agus a réir mar tha mi a' cluinntinn, maith air obair.

Ged nach 'eil Lios-mór an diugh cho inbheach no cho uasal am measg nan eileanan eile 's a bha e an uair a bha Easbuig Earrá-Ghàidheal a' fuireach an Caisteal Ach-andùin tha e 'na eilean cho bòidheach agus 'na sgìreacdh cho ion-mhiannaichte 's gu'm faod Calum Mac Thòrcadail a bhi toilichte gu'n do thuit a chrrannchur ann ann an toiseach a mhiniestrealachd. Is e Uidhisteach a tha ann am ministear ùr Lios-mór; bha e air oileanachadh an Oil-thigh Chill-rimhinn agus 'n a fhear-cuideachaidh an Inbhir-Esc far an d' fhuair e ionnsachadh maith bho mhiniestear maith, an t-Ollamh Uilleam Edie nach mair-eann. Tha Gàidhlig mhaith aige, is bithidh sin 'n a chuideachadh d'a bhràithrean ann an Cléir Lathurn.

'S e ministear a b' ainmeile a bha riamh an Lios-mór, an t-Urramach Dòmhnull Mac Neacail; bha sia deug de chloinn aige ach shiubhail a' chuid mhór dhiubh 'n an leanaban. Choisinn e clùi am measg a luchd-dùthcha le dol an caonnaig ris an Ollamh Mac Iain, ach b' e sin seangan a' toirt greim á gearran, no Tomas na h-Ordaig a' gleachd ri Fionn Mac Cumhail. Bha e air a rádh gu robh e 'n a sgoilear maith agus 'n a bhàrd maith, ach chan 'eil cuimhne air dad d'a bhàrdachd a nis ach an aoir shalach a rinn e do'n Ollamh Mac Iain; "an losgann mhàgach," mar thubhaint e ris.

### Ministearan agus Gnothuichean

Tha móran dhaoine an dùil nach 'eil ministearan suas ri gnothuichean, agus mar sin nach bu chòir dhaibh làmh a bhi aca idir ann an riaghlaodh na Siorramachd, no ann an riaghlaodh na dùthcha, no eadhon ann an cùisean aimsireil na h-eaglais; gu'm bu chòir dhaibh an obair sin fhàgail aig daoine a tha suas ri gnothuichean, tighearnan-fearainn, bàilliudhean,

marsantan, luchd-lagha, bancairean, foirbhich. Tha mise a' creidsinn gu'm biodh e glic do mhiniestearan cho beag 's is urrainn dhaibh de riaghlaodaireachd a ghabhail os làimh, agus an aire a thoirt air an fhior obair fhéin, an obair spioradail a thugadh dhaibh ann am ministrealachd an Phacail, ach air a shon sin chan 'eil mi a' creidsinn nach 'eil ministearan a cheart cho glic agus cho crionna ann an gnothuichean ri seòrsa air bith eile de dhaoine.

Tha móran dhaoine anns an dùthaich aig a bheil am boinne so de 'n chuthach 'n an ceann, gu bheil iad an dùil gu'm bitheadh cùisean na rioghachd air an ceartachadh gu luath na 'n robh riaghlaodh na rioghachd an làmhan dhaoine a tha suas ri gnothuichean, business men, mar their iad. Chan e a tha iad a' ciallachadh leis an fhacal sin, daoine aig a bhéil sealadh fada agus farsuing a chiomh gu bheil eanchainmean maith aca, ach daoine a rinn fortan a' reic siùcair, no a' togail bhàtaichean, no a' deanamh motor cars, no a' malairt airgid. Nar leigeadh Dia gu'n cuireamaid an rioghachd air chûram an t-seòrsa sin! Bu cho maith leam a cur air chûram nam ban. Bha tulleadh 's a chòir ann an làmhan an t-seòrsa dhaoine sin am bliadh-nachan a' chogaidh, agus is e bu deireadh dha nach mór nach do bhris iad an rioghachd. Dh' at an cinn mar gu'm biodh balloon. Ann an ceart da-rìreadh b' fheàrr leam bàird, agus speuradairean, agus ministearan, agus sgeulaichean, agus dealbhadairean, a bhi a' riaghlaodh na rioghachd na dròbhairean agus marsantan, ged their an saoghal nach 'eil ann am bàird no ann am ministearan ach leanaban a thaobh gnothuichean. Ach tha urrainn mhaith ag rádh gu bheil nithean ann a tha air am foillseachadh do leanaban ach a tha foluichte air daoine a tha dìchiollach ann an gnothuichean.

*Tha gliocean an duine ionnsaichte ri fhaotainn le athas,  
Agus fàsaidh e glic ma tha 'inniinn saor is móran gnothuichean.*

### Laoihd (O'n Bheurla)

O M' anam dlùthach cathair gràis,  
Far an eisd an Slàn' ghear caomh :  
Dean sleuchdadh sios aig casan Ios',  
Cò chailleadh riamh ri 'thaobh ?

Do ghealladh fèin mo bhonn a mhàin,  
Gu dol le dànochd dlùth,  
Oir ghairm Thu ann' tha uallaicht' sios,  
'S gur mis', O Thighearn, aon dhiùbh.

Fo uallach peacaidh lùbt' gu lar,  
Fo ainneart Shàtain sgith,

Fo strì a muigh 's fo gheilt a stigh,  
'Na d' fhasgadh faigheam sith.

Bi dhomh 'na d' sgéith 's na 'd uaigneas caomh,  
Mar sin ri d' thaobh, tre ghràs,  
Gu seas mi gruaim m' fhir-casaid cruaidh,  
'S mi 'g inns' gu'n d' fhuair Thu bàs.

O 'n gaol do-luaidh ! am ful do bhàis,  
Air crann fo näir' a dh' éug,  
Chum ciomptaich mar tha mis' gu 'n earb  
Ri éifeachd d' aimh 'n ar feum.

D. M. M., an Dearbhaig.



## Slaint is Fallaineachd

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEÓID, M.A., EGLAIS IAIN KNOX, AN GLASCHU

"Uime sin, a mhuinnitir mo ghráidh . . . làn-oibrichibh 'ur sláinte fén le h-eagal agus ball-chrith : oir is e Dia a dh' oibrecheas annaibh, ar aon an toil agus an gniomh a reir a dheagh-ghean fén.'" —PHILIPIANAICH, ii. 12-13.

**T**HA an abstol ag radh an àit eile nach bi feoil air bith air a fireanachadh am fianuis Dhé tre oibre an lagha. 'Se sin, tre oibre fhéin, nach 'eil e comasach do neach air bith e-fhéin a shaoradh. Ge b' e dé cho maith agus a tha a chaithe-beatha ; ge b' e dé cho feumail agus cho tròcaireach agus cho coibhneil agus a tha a ghniomharran nach dean sin a shaoradh. So teisteas falal Dhé, nach 'eil e comasach do neach air bith e-fhéin a shaoradh, air cho maith is cho clíùiteach is cho tròcaireach agus a tha a dheanadasan. Agus tha fén-fhiosrachadh eridhe an duine a' togail na dearbh fhanuis, 'se sin, nach dean duine aon chuid e-fhéin fhireanachadh am fianuis Dhé, no' anam a shaoradh le a dheagh dheanadasan.

Ciod a réist, a tha an abstol ag ciallachadh an so ann a bhi ag radh ruin : "Làn-oibrichibh 'ur sláinte fhein le h-eagal agus ball-chrith." Am beil e a' sparradh oirnn sinn a dheanamh an nì sin nach 'eil an comas do dhuine air thalamh a dheanamh, 'se sin, sinn-fhéin a shaoradh. Is cimteach nach 'eil. Dé a réist, a tha e ag ciallachadh ? Tha mi a' smaoineachadh gu'n tuig sinn mar so e le bhi deanamh gréim, agus ag cumail cuimhne, an toiseach air.

## Tiодhlac Dhe

I. Gur h-e tiодhlac a tha 'san t-sláinte—saor thiodhlac Dhé.

Fhaic thu, chan urrainn dhuit ach soitheach criadhadh a dheanamh de chriadh. Faodaigh tu, ma tha an sgil sin agad, soitheach fior chuimte is fior eireachdail is fior feumail a dheanamh de chriadh, ach mur 'eil stuth agad ach criadh chan 'eil e an comas neach air thalamh, soitheach airgid a dheanamh de'n chriadhaidh. Le oibrechadh na criadhaidh chan 'eil e an comas duine bோd cuspair airgid a dheanamh. Cha mhò as urrainn neach 'sam bith ge b' e de cho lamhcharach is cho sgilear agus a tha e, soitheach oir a dheanamh de dh' airgiot. Tha an soitheach a reir an stuth as a bheil e air a dheanamh.

Faodaigh saor, bord-bidhe maith agus feumail a dheanamh de fhiodh giubhais, bòrd a bhios grinn agus feumail gu leòr, ach cha do rugadh an saor sin as urrainn bord daraich a dheanamh mur 'eil fiodh aige ach giubhas. Tha

mar sin an ni a nítar a reir an stuth as a bheil e air a dheanamh . . . ma's ann de chriadh 'na chuspair criadh, ma's ann de fhiodh 'na chuspair fiodha, ma's ann de dh' òr 'na chuspair òir. A reir gné a stuith is ann a tha a nì a nítar dheth.

## Stuth na Sláinte

A nise, ma tha stuth na sláinte aig an duine fhéin, ma tha stuth na beatha maireannaich aig an duine nadurrach faodaith e gun teagamh an stuth sin oibrechadh agus a shláinte fhéin oibrechadh a mach agus a cur gu buil. Ma tha stuth anam an duine gu nadurrach fior agus ceart agus naomh faodaith an duine gun teagamh an stuth sin a chur gu buil agus bithidh a shláinte fior agus naomh agus ceart nuair a chuireas e ceann-crioich air an obair. Ach ma's e agus gu bheil anam an duine gu nadurrach peacach agus truaillidh, ma's e agus gur h-e so an stuth as a bheil e dol a dheanamh soitheach, ge b' e de cho cuimte is cho grinn agus cho feumail agus a bhios an soitheach chan 'eil ann ach soitheach peacach agus truaillidh. Cha ghabh soitheach òir a dheanamh de chriadhaidh. Cha ghabh sláinte a bhi air oibrechadh a peacadh is truailleachd is bàs, ach nam bitheadh stuth na sláinte againn . . . beatha is gràdh Dhé ann an Criosd . . . dh' oibrecheadh sinn an sin i. Tha, ma tha, Dia a' toirt so dhuinn ann an Criosd mar thiodhlac. So stuth na sláinte, beatha is gràdh an t-Slànuigheir agus is e saor thiodhlac Dhé dhuinne e. Tuigeamaid so, ma tha, a chairdean, gur h-e tiодhlac Dhé a tha 'san t-sláinte agus gu bheil i againn ann an Criosd ; agus aon uair agus gu'n gabh sinn ris-san gu'm faod sinn an sin tòiseachadh air oibrechadh ar sláinte fén, agus bithidh an soitheach slànnuair a chriochnaichear e agus bithidh e air a dheanamh de'n òr, de dh' fhor stuth na sláinte a tha ann an Dia.

Chi sinn mar sin, a chairdean, gur h-ann ri Criosduidhean a tha an abstol a labhairt an so ; ri muinnitir a ghabh ri Criosd agus aig a bheil esan 'nan anam. Gabh, ma tha, ri Criosd agus bithidh stuth na beatha maireannaich air do shiubhal agus ge b' e de a ni thu mairidh e agus tha sláinte is beatha ann. Feumaidh sinn mar sin stuth na sláinte fhaotainn mar thiodhlac o Dhia mus urrainn duinnn tòiseachadh air an t-sláinte sin oibrechadh.

### Tiurr gun fheum

*II. A ris, feumaidh an tiodhlac so a bhi air a chur gu buil.*

Ann an Criosd ar Slànuighear tha stuth na slàinte, no na beatha maireannaich, againn. Ach ma tha thu a' dol a thogail tighe, faodaidh na clachan agus an t-aol agus am morgan . . . stuth an tighe . . . a bhi air an làrach, ach mur a teid sin oibreachadh cha bhi an tigh air a thogail, cha bhi ann ach tiurr gun fheum. Tha againn ri cur gu buil an stuth a thug Dia dhuinn ann an Criosd.

Chan e sin a mhain, ach mur a h-oibrich sinn e theid e a dhith, mur a cuir sinn gu buil an t-slàinte fagaidh i sinn. Tha na lighichean ag radh, nan crochadh tu do làmh ri t' amhaich fad bliadhna, ged nach biadh càil cearr oirre, ann an ceann an ama sin gum bitheadh i gun lùthas gun fheum seach nach robh thu ga cleachdad. An nì nach dean thu feum dheth agus nach cuir thu gu buil theid e dholaidh.

Bha mi a' leughadh gu bheil uamhaichean móra air cladaichean Cheanntaogaidh an America a tha dol fada fada a steach fo an talamh far nach ruig leus soluis; agus gu bheil seorsa éisg a' tighinn beò ann an 'sin ann an dorchadas na fairge agus nach e mhàin gu'n chaill iad am fadharc ach gu'n chaill iad eadhon clach na sùlach fhéin . . . far am bu chóir clach na sùlach a bhi nach 'eil ann ach slochd falamh. Seach gu robh iad daonnan a' tighinn beò 'san dorchadas agus gun a bhi cleachdad an sùilean gu'n chaill iad gu tur an sùilean. Sin mar a thà, mur dean sinn feum de na buadhan a tha againn, caillidh sinn iad. Nach minic a chunnaike sinn neach a sgur a dheanamh feum de mheadhonan nan gràs agus a dh' fhàs mi-chùramach gu'n chaill e comas feum a dheanamh de nithean maith is spioradail Dhé. Chunnaike sinn iad a' dol aog am measg a' phailteis agus iad air an càil a chall le eion a' chleach-daidh agus leis a' mhi-chùram. A chairdean, làn oibrichibh bhur slàinte fhéin a thug Dia dhuibh ann an Criosd. Cuir an t-slàinte gu buil tre ùrnúigh is tre bhi leughadh Facial Dhé; tre aoradh an tigh Dhe, tre chomunn sluagh an Tighearna, tre bhi ag cuideachadh an aobhair agus air iomadh dòigh eile. Mur cuir, caillidh tu i.

### Cleachdad grànda

Ach a thaobh na cuise so, dh' fhaodaimh-sa innse dhuibh ni n'as ionghantaiche agus n'as uamhasaiche na na thubhart mi. Tha treubh sheangain ann, agus tha an cleachdad grànda agus aingidh aca a bhi deanamh tràillean de threubhan eile de sheangain. Is e na traillean so a tha 'na saighdeirean aca, agus is iad a tha deanamh gach seòrsa oibre d'am maighstirean ag cumail an tighean glan, 'ga sgeadachadh

fhéin agus a' solair an loin dhaibh; is iad, agus eadhon ag cur am bidhe 'nam beul an déidh a chagnadh dhaibh. Chan 'eil na "h-uaislean" fhéin a deanamh aon ni cruichte. Ach so buil na cuise: gu'n chaill na "h-uaislean" comas am bidhe a chagnadh; gu'n chaill na carbadan aca an luthas agus an comas, agus a nis gu'm faigh iad bàs leis an acras agus pailteas bidhe air am beulaibh, mur cuirear nam beul e air a chagnadh a cheana. Nach ann mar sin, a charaid, a tha moran' dhaoine a faotainn bàis, agus pailteas de làn spioradail Dhé air am beulaibh agus gun iad comasach air a ghabhail.

### Cothrom air a chall

A dhuine, mur a cuir thu gu buil na cothroman agus na tiodhlacan a thug Dia dhuit ann an Criosd theid thu a dhith, agus fa dheòidh caillidh tu eadhon comas feum a dheanamh de shaor thiodhlac Dhé a tha e a' taigse dhuit ann an Criosd ughdar is cuspair na slàinte. "So an àm taitneach, so là na slàinte."

Ann a bhi ag oibreachadh, ma tha, ar slàinte tha am ball-sampuil a th' againn ann an Criosd cho coimhlionta is cho glòrmhor agus gum buin dhuinn eagal agus ball-chrith a bhi oirnn gun fhios nach tig sinn fada fada gearr . . . agus tha fhios gu'n tig . . . air a choiliontachdsan agus air a ghlòir-san. Air eagal nuair a bhitheas ar saothair agus ar beatha 'san t-saoghal-sa criochnuichte nach bi ar slàinte-ne coltach ris-san. Is ann le bhi cumail Chriosd fa chomhair ar sùl a bhios mothachadh againn air staid ar n-anama fhéin. "Làn oibrichibh 'ur slàinte fein le h-eagal agus le ball-chrith."

### Cumhachd Chriosd

*III. Rud eile. Cuimhnicheamaid so cuideachd: Gur h-e Dia a tha ag oibreachadh 'na shluagh fein.*

Nuaire a tha sinn ag gabhail ri tiodhlac na slàinte ann an Criosd tha esan tre a spiorad ag gabhail còmhnuidh annainn. Cha mhò as mise, ars' an abstol, ach Criosd a tha ag gabhail còmhnuidh annam. Tha a làthaireachd-san agus a spiorad-san a tha annainn, a' tabhairt toil dhuinn gu bhi ag cur na slàinte gu buil, gu bhi deanamh feum de stuth na slàinte a fhuair sinn ann an Criosd. Is e cion na toile as coireach gu bheil móran againn mar a tha sinn fada fada air ais ann an coimhliontachd na slàinte. Tha, ma tha, Criosd nuair a tha sinn maille ris, agus esan annainne agus sinne annsan, a' bòdhachadh agus ag ath-nuadhachadh na toile.

Fhaic thu, ma tha toil aig neach do neach eile ni e nì sam bith air a shon; agus an uair a tha toil againn do obair araidh is ann a tha fadachd oirnn gus an teid sinn an ceann na h-obrach sin. Tha a leithid a thoil aig cuid a dhaoine do bhi

a' breacach agus gu'n cailleadh iad cadal na h-oidhche fhéin air a sgàth. Is iomadh fear a chaill. Tha a leithid a thoil aig euid a dhaoine de Dhia agus gur minic a chuir iad seachad earrainn mhór de'n oidhche ann an co-chomunn Dhé. 'Leugh mi ann an eachdraidh beatha an Naoimh Frannsaidh á Assisi gu robh e fad na h-oidhche aon uair ag tìrnuigh agus gun e ag radh falal ach, "Mo Dhia agus m' uile"; "Mo Dhia agus m' uile."

### Toil agus gniomh

Bha an sean-fhalach ag radh: "far am bi toil bi gniomh"; agus "a dh' aindeoin de their na slòigh cha ghilòir a dhearbas ach gniomh." 'Se dé a tha sinn a' deanamh a dhearbas dé an adhartas a rinn sinn anns an t-slàinte, ann a bhi ag oibreachadh ar slàinte fhéin. Tha euid a dhaoine am agus chì agus gheibh iad obair ri dheanamh ann an Eaglais agus an aobhar Dhé. Tha iad feumail gu bhi ag cur air adhart gach nì a tha ri dheanamh. Tha toil aca. Tha

spiorad Dhé agus gràdh Chriosd annnta a' toirt toil dhaibh. Tha Dia ag oibreachadh annnta araon ann an toil agus ann an gniomh. Nuair a tha feadhainn eile ri bruidhinn, agus gun nì ach bruidhinn, tha iadsan a' deanamh ni-eigin. Sin agad Dia ag oibreachadh annnta ann an gniomh. Agus is e spiorad Dhé a tha 'gan treòireachadh anns gach ni, agus ann a bhi ag cur loinn air gach gniomh a ni iad. Chithear grinneas a làimhe-san air an deanadasan.

### Obair agus Slàinte

Tha an obair so a' toirt am barrachd slàinte dhaibh; tha i a làn-oibreachadh a' slàinte féin dhaibh. Cha robh duine a riamh ceart agus cha robh fear a riamh fallain gu'n bhi ag obair, agus tha iadsan a fas n'as slàinte agus n'as fallaine tre an gniomharran. A charaid, agus a bhana-charaid, gabh ris an t-slàinte ann an Criosd, agus na fan aig an sin ach làn-oibrich a mach i le h-eagal agus ball-chrith; oir is e Dia a tha ag oibreachadh annadaraon an toil agus an gniomh."

## Conrad agus a' Chorra-bhàn

LEIS AN OLLAMH GILLEASBUG DÒMHNUULLACH, AN DÙN-ÉIDEANN

**A**NNS na làithean deireannach so tha pailteas Eòlais againn air sgeula maith is dona a tha innleachd na h-aimsir a' giulan air sgiathraighean gaoithe bho dhùthchanna cian agus fagus. Ach cha b' ann an diugh no an dé, ach bho na linntean 'nuair a bha an saoghal òg, a bha eòlas air a ghiulan gu clann nan daoine, cha b' ann air sgiathraighean gaoithe, ach leis na teachdairean a tha ar n-Athair nèamhaidh a' beatachadh ged nach cuir iad siol, ged nach buain iad, agus ged nach cruinnich iad a steach do shaibhlean. 'Nuair a chluinnear guth an turtur anns an tir tha sin ag innseadh gu bheil an samhradh air an Rathadh, agus nach diobair an gealladh fhad's a mhaireas an saoghal, nach sguir là agus oidhche, fuachd agus teas. 'Nuair a tha an gobhlangoithe a' tighinn bho na dùthchannan deas tha e a' giulan na teachdaireachd shòlasaich cheudna. Thug an columnan, 'nuair a thàinig e le dulleag de chrann-olaidh 'na ghob mar fhianuis gurobh tuil an léir-sgrios a' traoghadh, sòlas do'n duine naomh a bha 'na shearmonach fireantachd. Bha am fàidh Ieremiah 'na dhuine air a dheadhachadh leis an Spiorad Naomh agus, 'nuair a sheall e le sùil gheur air a' chruthachadh bhò, fhuair e anns na chunnaic e teagasc freagarrach air son an t-sluagh "Seadh is aithne do'nchorra-bhàn anns an athar a h-àm féin . . . ach chan aithne do mo shluagh-sa breitheanais an Tighearna."

### Anns an Earrach

Ach is ann mu chorra-bhàn àraidh a tha e 'n am bheachd beagan a chur sios air an duilleig so mar a leanas. An cearn àraidh de thir Lochlann chiteadh anns na làithean a dh'fhalbh dealbh corra-bhàn air a shnайдheadh air fiodh balla na h-eaglais an aon de bhailtean na dùthcha. Agus is i so an sgeul a tha air a h-aithris le muinntir a' bhaile, ag innseadh mar thachair do dhealbh na corra a bhi far an robh e.

Bha bantrach ariaidh agus a mac ag còmhnidh anns a' bhaile sin, agus thachair a h-uile Earrach gu'n tigeadh corra-bhàn a neadachadh agus a thabhairt a mach aìl dlùth do an dachaiddh, agus an uair a thigeadh am Foghar bha i féin agus a linn a' gabhail an turuis do dhùrthaich eile. Bha an gille òg, Conrad, agus a mhàthair anabarrach coibhneil ris an eun, agus a' deanamh flor pheata dhi, a' seal tuinn air son a teachd a h-uile Earrach, a' cur failte oirre agus a' tabhairt bidh dhi, agus 'nuair a dheanadh Conrad fead thigeadh i a' sgiathalaich far an robh e.

### An dosgaidh an dàm

Mar so chaidh na h-Earraich, na Foghair, na bliadhnaichean seachad. Dh'fhàs Conrad suas gu ire duine, agus ghabh e seirbhis mar mhar-aiche air luing a bha seòladh thairis. Ach cha b' fhada gu an do thachair tuiteamas tubaisteach

do an luing. Mar a bha an dosgaidh an dàn bhà ionnsuidh naimhdeil air a tabhairt oirre le creachadairean mara, agus bha an sgiobadh, agus Conrad mar chàch, air an reic mar thrillean.

Shiubhail an aimsir gun sgeul air Conrad, agus chaoidh a mhàthair e mar aon ris an do rinn i an dealachadh buan. Ach bha a' chomh-fhurtachd so aice; cha do sguir a' chorr-bhàin a bhi tathaich agus a' neadachadh anns an t-seann ionad.

Chaidh na bliadhnaichean thairis air Conrad an tigh na daorsa le ceuman troma mall, agus bha a dhòeas a' sior fhannachadh nach faiceadh e dachaidh òige am feasd.

### Seann charaid òige

Ach là dhe na làithean, an àm an Earrach, dé chunnaic e ach còrr ag itealaich dlùth dha, agus ag cur 'n a chuimhne tir Lochlainn agus tigh a mhàthar. Rinn e feed ris an eun; thàinig i thuighe, agus cò bha an sin ach seann charaid òige. Gun dàil thuig e gu 'n robh a' chorr air an t-slighe gu dùthaich òige, agus dh' amais e air seòl gus a chor agus ionad-còmhnuidh foillseachadh. Sgriobh e litir bheag air crioman paipeir agus cheangail e i gu daingean

rì cas an eòin, ag innseadh far an robh e am braighdeanas.

Thàinig an t-Earrach agus a' chorr 'na lorg gu dachaidh Chonrad, agus mar a b' abhaist dh' fhàiltich a' bhantrach i. Chunnaic i an litir; dh' fhuasgail i bho chas an eòin, agus a cridhe a' lasadh le sòlas, chaidh i lom is direach far an robh am ministear air son comhairle. 'Se thachair gu'n robh Conrad mu dheireadh air a shaoradh agus air aiseag gu mhàthair, agus bha dealbh na corra a b' e meadhoin a shaorsa, le iarrtu muinntir a' bhaile, air a shnas-ghearradh air fiadh balla na h-eaglais, mar chiuimhneachan air an deagh sgeul a thug an t-eun beannaichte fo a sgiathan á tir chéin.

### Sgeul na saorsa

Nach faod sinne bho an sgeul laghaich so samhladh feumail a tharrning! Mar a dhùridh an naidheachd so á dùrthaich céin air cridheachan nan Lochlannach, nach bu chubhaidh gu'm biodh sgeul na saorsa, a thàinig bho thròcair Dhe le Iosa Criosd, a ghairm saorsa do na braighdean agus bliadhna thaitneach an Tighearna dhoibhsan a bha an dorchadas, a' lionadh ar cridheachan le gàirdeachas agus le moladh do an Ti is airde air son a mhaiteis, agus a bhearta iongantach do chlann nan daoine.

## Abraham agus an Coigreach

NIAILL MAC-AN-TUAIRNEIR, F.R.H.S., LOCH PORTAIN, AN UIDHIST A TUATH

**T**HA Dia 'n a fhacal naomh a' sparradh oirnn maith a dheanamh a réir ar comais do na h-uile dhaoine. Tha Pol a' labhairt gu ro shioilleir air an dleasdan so, far a bheil e a' comhairleachadh nan uile, ag ràdh: "Ma dh'fhéudas e bhi, mhend's a tha e 'n comas duibh bitibh an sith ris na h-uile dhaoinibh. Na iocaibh ole air son uile do dhuine sam bith. Uime sin, ma bhios do nàmhaid ocrach thoir biadh dha; ma bhios e iomhor thoir deoch dha."

Tha Criosd féin ag àithneadh dhuinn ar naimhdean a ghràdhachadh, ag ràdh: "Biodh gràdh agaibh do ur naimhdean, beannaichibh an dream a mhallaicheas sibh, deanaibh maith do na daoinibh air am beag sibh, agus deanaibh ùrnigh air son na muinntir a ta buntuinn ruibh gu naimhdeil agus a ta 'g ar geur-leanmuinn." (Mata v. 44)

### Iochd agus tròcair

Feumaidh am fior Chriosduidh iochd agus tròcair a nochdadh, chan e mhàin d'a chàirdean agus d'a luchd-eòlais féin, ach mar an ceudna do'n choigreach an uair a thig e 'na rathad. Tha Maois a' deanamh so soilleir an uair a tha e ag ràdh: "Ma dh' fhàsas do bhràthair bochd,

agus gu'n téid e dhéigh-laimh agad, an sin fuasglaidh tu air: seadh, ged is coigreach, no fear-cuairet e; agus bithidh e beò maille riut" (Lebh. xxv. 35). Air an làimh eile chan fheud muinntir a bhi deas gu coire fhaotuinn do aon a chéile, agus gus a bhi 'toirt breith air aon a chéile; oir buinidh dioghaltais do'n Tighearna Dia. "Na tugaibh breith chum nach toireadh breith oirbh: oir a réir na breith a bheir sibh bheirear breith oirbh: agus leis an tomhas le'n tomhais sibh, tomhaisear dhuibh a ris." (Mata vii. 2.)

### Naidheachd Franklin

Bha an duine foghluiinte agus innleachdach sin, Franklin, a' còmhradh aig àm àraidh ri caraid mu'n an-iocdh, agus mu'n ghèur-leanmuinn a bha cho tric 'n am measg-san a bha ag aideachadh creidimh Chriosd, agus mu'n mhasladh a bha iad a' cur air a chreideamh le'n giulan féin. Dh' aidich an caraid gu'n robh na briathran aig Franklin ro fhior.

"Tha iad sin gun teagamh," arsa Franklin, "mar a ta sgéul Ábraham agus an duine bochd a' dearbhadh."

"Chan 'eil beachd agam air an sgéul sin," deir am fear eile, "aithris dhomh e."

"Ni mise sin," arsa Franklin, 's e a' fosgladh

leabhar cosmhul ri Biobull, as an do léugh e an sgeul a leanas : "Agus tharladh an déidh nan nithe sin, gu'n robh Abraham 'n a shuidhe an dorus a bhùtha, aig dol fodha na gréine. Agus feuch, bba duine, air cromadh le aois, a' teachd a níos as an fhásach, agus e a' leigeadh a chudthrom air bata. Dh' éirich Abraham agus chòmhlaich se e, agus thubhairt e ris, "Teann a steach, guidheam ort, do thigh do sheirbhisich, agus ionnlaid do chosan, agus fan ré na h-oidhche, agus éiridh tu gu moch 's a' mhaduinn agus théid thu air do thurus."

### Aoradh do Dhia

Ach thubhairt an duine. "Ni h-eadh, ach fanaidh mi fuidh 'n chraoibh so ré na h-oidhche." Agus cho-eignich Abraham e, agus thiomndaidh e d' a ionnsuidh, agus chaithd iad le chéile a steach do 'n bhùth; agus dheasaich Abraham aran neo-ghoirtichte, agus dh'ith iad. An uair a chunnaic Abraham nach do bheannach an duine Dia, thubhairt e ris, "Car son nach 'eil thu deanamh aoraidh do 'n Dia as aird, Cruithfhear nèimh agus na talmhainn ?" Fhreagair an duine, agus thubhairt e, "Cha dean mise aoradh do d' Dhia-sa, ni mò a ghairmeas mi air ainnm; oir rinn mi dhomh féin Dia a ta a' fantuinn a ghnàth am thigh, agus ag ullachadh nan uile nithean air mo shon."

Las corruich Abrahaim an aghaidh an duine, agus dh'eirich e, agus bhuail e air, agus dh' fhuadaich se e le buillibh do'n fhásach. Agus air a' mheadhon-oidhche ghairm Dia air Abraham, ag ràdh, "Abrahaim, c'ait' a bheil an coigreach ?" Fhreagair Abraham, agus thubhairt e, "A Thighearna, cha deanadh e aoradh dhuit-sa, ni mò a ghairmeadh e air t' ainnm;

uime sin dh' fhuadaich mise e do'n fhàsach, as mo shealladh, air son a chionta."

### Foidhidinn Dhe

Agus thubhairt Dia, "An do ghiùlain mise leis céud agus fichead, agus ochd bliadhna deug, agus an d' altruim mi e, agus an do sgeadaich mi e, a dh' aindeoin a cheannaire am aghaidh; an do rinn mi ris na h'uile ni tha sin agus nach b'urrainn thusa a tha 'n ad pheacach thu féin, cur suas leis ré aon oidhche ?"

Fhreagair Abraham, "Na lasadh fearg mo Thighearna an aghaidh a sheirbhisich: feuch pheacaich mi, maith dhomh, guidheam ort, a mhàin an uair so."

An sin dh' éirich Abraham agus chaithd e mach do'n phasach, agus dh'iarr e gu dichiollach an duine, agus fhuair se e, 's thug e leis e a dh' ionnsuidh a bhùtha. An uair a bhuin e gu cairdeil ris, chuir e uaithe e 's a' mhaduinn le tioldhlacaibh.

Agus labhair an Tighearna a ris ri Abraham, ag ràdh, "Air son do chionta anns an ni so, bithidh do shliochd fo àmhghar ré cheithir cheud bliadhna ann an tìr choimhich, ach a chionn 's gu'n do rinn thu aithreachas, saoraidh mise iad; agus thig iad a mach le cumhachd, agus le gairdeachas eridhe agus le maoin mhóir."

### Dleasdanans nan uile

Sin agaibh a nis an sgeul a dh'aithris an duine urramach sin, Franklin, agus ged nach 'eil ann ach cosamhlachd a rinn e suas 'n a inntinn fein, gidheadh tha e ro fhreagarrach chum a dheanamh soilleir gur e dleasdanans nan uile iochd agus tròcair a nochdadh do aon a chéile mar a tha, ach beag, air a sparradh oirnn air gach taobh-duilleig de 'n Fhacal Naomh.

## A' Dol do Thigh Dhe

(*Air a leantuinn*)

LE IAIN MAC CALMAIN, MISSIONARAIDH CHAOI REITHE, ANNS AN EILEAN SGitheanach

"Coimhead do chas an uair a theid thu do thigh Dhe."—ECCLESIASTES v. 1.

CUIHMNICHEAMAID gu'm bheil naimh-dean gu furachar mu'n cuairt dhuinn eadhon ann an tigh Dhé. Tha sin soilleir bho chosamhlachd an t-sioladair. Tha an nàmhaid a' goid air falbh an t-sil a bha air a chur, agus sin a chionn nach 'eil an tì a chual e 'g a thoirt fainear. B'e so peacadh Israeil, agus is e peacadh móran fhathast. Tha ro-chùram an t-saoghal agus mealltaireachd. a' bheartais 'n an naimhdean làdir. Tha naimhdean 's an taobh a stigh, mar a tha féinealachd agus uaibhean agus móran eile, oir is ann o'n taobh a stigh a tha na naimhdean as miosa. Gidheadh tha e comasach buaidh fhaighinn orra am muigh agus a stigh

trid-san a ghràdhaich sinn. Bha naimhdean gu leòir aig Criodhs fhéin, ach b'ann o'n taobh a mach. "Tha uachdar an t-saoghal so a' teachd agus chan 'eil ni air bith aige annam-sa" (Eòin xiv. 30). Ged bha E air a bhuaireadh anns na h-uile nithean air an dòigh cheudna ruinne bha E naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacadh. Air an aobhar sin tha E uile-fhoghainteach agus uile-fhreagarrach gu ar còmhnaidh an uair a théid sinn a dh'aoradh dhà agus gu ar dòn cuideachd 'n ar n-obair 's an t-saoghal. Chan ann a mhàin air là na Sàbaid ann an aoradh follaiseach an Tighearna a tha agaim ri seirbhis a dheanamh do Dhia,

ach mar an ceudna 'n ar n-obair làitheil, agus bu chòir gu'm biodh spiorad an aoraidh sin agus na seirbhis sin a bha sinn a' cuairteachadh air là na Sàbaid 'g ar leantuinn troimh an t-seachduin. Mur 'eil sin mar sin is e luchd-éisdeachd dear-madach a fhuaireadh annainn. " Cha robb tairbhe dhoibh anns an fhocal a chaidh a shear-monachadh, do bhrigh nach robh e air a mheasgadh le creidimh anns an dream a chual e " (EABH. iv. 2).

### Droch chuimhne

Is mor a' bhuaidh-ghlanaidh agus a' bhuaidh-misneachaидh a tha ann an éisdeachd na firinn ged nach giùlain sinn móran leinn as urrainn dhuinn innse do dhaoine eile. Bha bean anns a' Ghàidhealtachd uair a bha glé fhritheachtach air meadhanan nan gràs, agus air Di-luain sònruichte thàinig am ministear an Rathad a bha i, agus i a' glanadh buntata 's an t-sruthan. Arsa am ministear, " Bha sibh 's an eaglais an dé. " " Bha, " arsa ise. " Gu dé an ceann-teagaisg a bha aig a' mhinisteir? " arsa esan. " Chan 'eil cuimhne agam, " fhreagair i. " Agus am bheil cuimhne agaibh air a' chaibideal a leugh e? "

" Gu dearbh, " ars' ise, " chan 'eil; tha mo chuimhne cho dona." " Gu dé mar sin am feum a tha e deanamh dhuibh a bhi dol do'n eaglais idir? " thuirt am ministear. Agus thubhairt a' bhean mar so : " Am bheil sibh a' faicinn na bascaid so, agus am buntata ann salach le tir. Chan 'eil uair a chuireas mi a' bhascайд 's an uisge agus a chrasdas mi i nach 'eil am buntata a' fás na 's glaine, ach chan 'eil deur uisge a' fantuinn innte. Sin am feum a tha mise toirt as an éisdeachd, ged nach urrainn mi a thaobh mo dhrach-chuimhne dad a thoirt dhuibh de na chuala mi."

### Di-chuimhne pheacach

Tha teagasg agus misneachadh anns an naidheachd bheag so, ach aig a' cheart àm thugamaid an aire gu'm bheil di-chuimhne ann a tha 'n a pheacadh.

" Thigibh, agus rachamaid suas gu sliabh an Tighearna, gu tigh Dhé Iacob; agus teagaisgidh e sinn mu a shlighibh, agus imichidh sinn 'n a cheumaibh" (Isa. ii. 3).

" Bha aoibhneas orm tràth thubhairt iad,  
Gu tigh Dhé théid sinn suas."

## An t-Ollamh Alasdair Stiùbhard

CHAN ann air an Eaglais Shaoir a mhàin a thàinig call mór le bàs an duine urramaich so ach air aobhar Chriosd ann an Albainn air fad, oir bha Alasdair Stiùbhard 'n a dhuine anns an robh neart agus taic marfhearr-dion a' Chreidimh, Phròstanaich. Ged nach b' aithne dhomh e gu pearsona agus ged nach robh seanchas agam riamh ris, fhuair mi litir bhuaith uair no dhà, agus bha meas mór agam air mar dhiadhair agus mar sgrìobhaiche, agus bu mhaith leam daonnan na thigeadh o láimh a leughadh.

Bha inntinn làidir shoilleir aige gu nàdurra, agus choisrig e a bhuidhán uile do nithean àrd agus uasal, gun a bhi a' cosd iùine air nithe beaga no suarrach. Ged a chuir e seachad a' cheud chuid d'a' bheatha anns an eaglais as cuimhne an Albainn, agus an còrr d'a' bheatha anns an Eaglais Shaoir a tha gu maith teann i fhéin, cha b' ann air mionnt, no anise, no cuimin, a bha aire an duine mhaith so riamh, ach air nithe cudthromach an lagha.

Chan aithne dhomh ciod an t-àite a bha aige ann an Comhairle na h-Eaglaise Saoire, no ann an riaghlaidh na h-eaglais, ach bha àite dha fein aige intte mar dhiadhair agus mar sgrìobhaiche, oir cha robb moran ghuthan eile anns an Eaglais Shaoir ris an éisdeadh eaglaisean eile mar a dh' éisdeadh iad ri guth an Ollaimh Alasdair

Stiùbhard. Bha tùr agus gliocas agus ciùine 'n a bheachdan agus 'n a bhritharan daonnan.

Bha e 'n a sgoilear maith, agus cho treibhdhùreach 'n a inntinn agus 'n a bħreithneachadh 's nach gabhadh e cothrom eadhon air diadhairean na h-Eaglais Phàpanaich 'n uair a bhitheadh e a' cur 'n an aghaidh. Bha e cho ceart agus cho uasal ann an argumaidéachadh 's a bha e ann an dòighean eile.

Bha e 'n a fhearr-deasachaide air Miosachan na h-Eaglaise Saoire bho shiubhail Gilleasbuig Mac Neilage an 1917, is bha na rudan a bhitheadh e fein a sgrìobhadh furasda gu leòr an aithneachadh ged nach robh ainm riù. Air a' cheud dà dhùilleig bha e 'n a chleachdadh aige a bhi a' fosgladh earrannan de'n Bhiobull, agus bha caladhain cho maith aige air sin a dheanamh 's gu bheil mi an dòchas gu'n cruinnich cuid-eigin anns an Eaglais Shaoir na searmoin sin agus gu'n cuir e an clòdh iad, a leigeil fhaicinn do mhinistearan òga na h-Alba ciamar is còir dhaibh Facal an Tighearn a làimhseachadh.

Chan ann de mheur bhig de'n eaglais a mhàin a bhuineas daoine a tha 'n an naoimh, no 'n an sgoilearan, no 'n an diadhairean, ach do'n eaglais Choitchinn uile; mar sin tha iomadh duine an taobh a mach de'n Eaglais Shaoir a' caoidh am Ollaimh Alastair Stiùbhard.

## Aig an Uinneig

An fheadhainn nach maireann

**CHAN** 'eil am bàs 'n a thàmh ; air a' mhios Ca chaidh seachad thug e bhuainn trìuir mhinistearan air an robh cuid de luchd-leughaidh nan duilleagan so eòlach, seana mhinistearan a leig dhiubh an dreuchd ann an deireadh an làithean. An diugh ann an Eaglais na h-Alba tha ministearan a' leigeil dhiubh an dreuchd móran na's tràithe na b' ábhaist dhaibh, rud a tha glic dhaibh féin agus maith do choimh-thionailean. Annas na seann làithean bha e 'n a chleachdadh aig ministearan leantuin orra gus an tigeadh a' chrioch orra, co dhiu a bha iad comasach air an obair a dheanamh no nach robh, ach tha an cleachdadh so ag atharrachadh o chiomh bhliadhna chan, is tha a' mhór-chuid de mhinistearan a' leigeil dhiubh an obair fada m' an caill iad an neart no am meomhair.

**Gilleasbuig I. Mac Neacail, B.D.**

Bha e 'n a sgoilear maith, agus o theaghlaich aig an robh inntinnean geura. Tha mi an dùil gur ann am Bòd a rugadh e, ach chuir e seachad a' chuid mhór d'a mhinistrealachd anns a' Ghàidhealtachd ; an toiseach an Crombagh, agus 'n a dhéidh sin am Baile-chloichridh. B' aithne dhomh Mghr Mac Neacail gu maith ; duine seaghail, ciallach, agus ministear sois-geulach. Cha robh dad idir ann de'n aotramas no de'n chridhealas a tha fasanta an diugh ; bha ni-eigin de throm-ullach a theachdaireachd ri fhaicinn 'n a aodann, agus 'na choiseachd, agus 'n a uile ghiùlan. Ach bha meas mórr aig daoine air ann am Baile-chloichridh, agus b' airdh e air. Bha dà aobhar anns an robh e anabarrach dichiollach, stuamachd a thaobh dibhe agus craobh-sgaoileadh an t-soisgeil anns na dùth-channa thall. Bha fear d'a bhràithrean 'n a mhissionaraidh ainmeil anns na h-Innsibh an Ear. Thàinig am bàs air gu h-obann agus e 'n a shuidhe air maduinn Sàbaid anns an eaglais an Corstorphine, far an robh e a' fuireach.

**An t-Urramach Bhaltair Calder, M.A.**

Cha robh ministear eile an Cléir Dhùnchaillinn air an robh barrachd meas againn uile na bha agaimh air seana Mhghr Calder, ministear Labhair, ged nach robh e fada innti an déidh an Aonaidh. Ma chuala mi riamh e, chan 'eil a nis cuimhne agam e' àite an do rugadh e, no c' àite uile an do shaothraich e, ach tha fhios agam gu'm bu Tuathach e á Cataibh, agus gu robh e greis ann an Srathaidh agus greis ann an Stèornabhagh m' an tàinig e do Labhar, aig taobh Loch Tatha. Bha àileadh cùbhraidih na diadhaidheachd 'g a chuartachadh daonnan, diadhaidheachd anns nach robh

cumhannachd no féin-fhìreantachd. Bha e 'n a dhuine laghach seanchasail a b' fhiach dol 'n a chòmhradh an uair a bhiodh tìne aige tòiseachadh air bruidhinn air na daoine a b' aithne dha, agus air na nithean a chunnai no chual e ann an làithean òige. Bha e 'n a shearmonaiche maith anns an t-seann dòigh ; b' aithne dha am bainne agus a' mhil a tha ann am Facal an Tighearn a thoirt as do dhaoine eile, agus ged nach cuala mi riamh e aig comanachadh bha e de'n t-seòrsa a bu mhaith leam a chluimntinn air Sàbaid comanachaiddh, oir bha a shearmonin làn de'n Sgriobturr agus b' aithne dha aon Sgriobturr a cheangal ri Sgriobturr eile ann an dòigh nach smuainicheadh daoine eile air, agus sin uile gun a bhi a' faradh nan Sgriobturan. Duine glic agus duine coir a rinn obair a mhaires, gun othail no cabhag, ann an sith ri choimhhearsnaich agus ann an deagh-ghean aig na h-uile dhaoine eadar Cill-Fhinn agus Obar-Pheallaidh.

Chuir e seachad feasgar a làithean ann an tigh a mhic a tha 'n a mhinistear ann an Strichen, an Obar-eadhain, ach thugadh a chorpa air ais gu Labhar.

**An t-Urramach Ruairidh Mac Coinnich**

Bhuineadh e do Thaobh Shiar Siòrramachd Rois ; bha e naoi bliadhna 'n a mhinistear anns an Eilean Sgitheanach m' an deachaidh e do Bhogha Mór, an Ile, an 1911, far an do chuir e seachad an còrr d'a làithean. Bha e simplidh treibhdhireach 'n a dhòighean, dichiollach 'n a obair, agus faiceallach 'na chainnt agus 'n a ghiùlan. Chuala mi e a' searmonachadh an Gàidhlig agus am Beurla ; searmonaiche dùrach-dach a gheibhleadh blas na Gàidhlig agus blas an teagaig a fhuair e bho aithrìchean Rois air a shearmonachadh. Bha e 'n a dhuine coibhneil agus 'n a dhuine iriosal. Bhris air a shlàinte o chiomh còig no sia bhliadhna chan, is b' fheudar dha a dhreuchd a leigeil dheth. Bha meas aig muinntir Ile air ann an gràdh air son 'oibre agus a shiochalachd.

**I. H. M. Mac Coinnich, O.B.E., Fear Chalgairidh**

Ged a bha Mghr Mac Coinnich ceithir fichead 's a h-ochd chan 'eil ach tìne bheag bho leig e dheth làmh a bhi aige ann an gnothuichean an t-saoghail so. Bha e 'n a fhoirbheach ann an Eaglais na h-Alba fad iomadh bliadhna, an coimhthional Chill Naoinnein, am Muile, is bha Cléir Mhuile gu maith tric 'g a thaghadh mar aon de na foirbhlich a bhiodh i a' cur a dh' ionnsuidh an Ard Sheanaidh. Tha mi an dùil nach do labhair e riamh anns an t-Seanadh, ach bithidh fear d'a mhic a' bruidhinn ann.

Bha e 'n a fhear-dùthcha maith agus 'n a

dhuine ceart; a' cur seachad a làithean a' sealantuinn as déidh na h-oighreachd aige fhéin, a' riaghlaireachd air cuirtean-comhairle ann am Muile agus an Siorramachd Earra Ghàidheal, agus ag àrach ghearran. Bha e'n a mharcaiche maith, agus bu cho maith leis a bhi anns an diollaид ri bhi 'n a chadal. Chan 'eil ro fhada bho chaith e a h-uile ceum o Chaol Muile gu Ionar-nis a' marcachd air fear de na gearrain Ghàidhealach aige fhéin.

Bha eich mhaith ann am Muile riamh, ach chaithd ainm nan gearran Gàidhealach a thog Mac Coinnich ann an Calgairidh air feadh an domhain uile; bha feedhainn dhiubh air an ceannach a dhol do Astralia, do America, agus do Africa. Cò riamh a chunnaic an t-each ris an abairteadh *An Sgeir Mhòr* nach bitheadh uasal as fhéin na'm bu leis e! Am measg nan daoine eile aig an robh an t-each sin bha e aig Rìghrean, ach cha bu rioghail is cha b' uasal a' chrioch gus an tainig e oir bha e air a reic ann am Peairt 'n a sheann aois air son fichead punnd Sasunnach, no rud suarrach mar sin. Na'm bu leam-sa e shaolin gu'm bu ghniomh leibideach a reic idir, oir b' airidh e air crioch a b' uaisle.

#### A' mineachadh nan Sgriobturan

Anns an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn air mar a bhitheadh na Seann Aithrichcean a' mineachadh nan Sgriobturan, ach cha d' fhuaire mi mo sheanchas a chriochnachadh. So mar a bhitheadh an Naomh Augustine a' mineachadh a' chosmhalachd a labhair Criosd mu'n duine a chaithd sios bho Ierusalem gu Iericho. Tha e ag ràdh gu'm b'e an duine, *Adhamh*; gu'm b'e Ierusalem, *am baile nèamhaidh*; Iericho, *a' ghealach* (a chuireas 'n ar cuimhne ar bàsmhorachd a chionn gubhail i a' fas, agus a' dol air a h-aís, agus a' dol as an t-sealladh); tha na meirlich a' ciallachadh an *deamhan agus a'inglean*; an sagart agus an Lebbitheach, *sagartachd agus ministrealachd an t-Seann Tiomnaidh anns nach robh cumhachd téarnaidh*; an oladh, *comhfhurtachd an dòchais*; am fion, *brosnuchadh gu bhi ag obair gu dùrrachdach*; an t-ainmhidh air an do chuireadh e, *an fheòil anns an robh Criosd air fhoillseachadh*; an tigh-òsda, *an eaglais*; fear an tigh-òsda, *an t-abstol Pòl*.

Sin an dòigh air am bitheadh Augustine a' mineachadh nan sgriobturan, is tha gaol aig móran dhaoine an diugh fhat hast air searmachadh a tha leantuinn na dòighe so. Ma tha inntinn bheò agus mac-meanmain läidir aig searmonaiche de 'n t-seòrsa so chan 'eil teagamh nach cùm e daoine 'n an dùsgadh, oir bheir e nithean nuadh agus neònach á Facal Dhe, ach air a shon sin cha bhi anns na nithean a tha e a' tarruing as ach a chuid féin. Chan e an Spiorad Naomh a tha labhairt ach mac-meanmain an duine.

A thaobh mineachadh nan sgriobturan tha an riaghait so ceart agus cothromach, "Ma ghabhas earrann air bith de 'n Bhiobull tuig-sinn gu litireil gabh i gu litireil; mar is fhaide a dh'fhalbas tu bhuath sin is ann is dòcha thu a bhi ceàrr."

#### An t-Ollamh Ro Urramach

Gu litireil agus gu laghail buinidh an tiotal so do Mhoderàtors a mhàin, ach an sud agus an so anns an eaglais tha ministearan d' am buin e le còir nàdurra agus le còir spioradail; air a thoirt dhaibh gu h-aon-sgeulach le guth ann braithrean. Tha fichead bliadhna agus an còrr bho thòisich a bhràithrean uile anns na Cleirean Gàidhealach air sealantuinn ri Dòmhnull Dòmhnullach, an Uidhist a Tuath, mar bha na ceud chreidmhich a' sealantuinn air an abstol Eoin, a' toirt urraim dha air son 'aois, agus a dhiadhaidheachd, agus a' ghràidh a tha lasadh 'na aodann agus 'n a mhiniestrealachd. Uile làithean a mhiniestrealachd tha fhianuis agus a sholus spioradail a' dealrachadh cho soilleir ann an Uidhist 's a tha Heisgeir a' dealradh air a' Chuan Sgith.

Bho chionn ghoirid chriochnaich e leth-cheud bliadhna ann an obair na ministrealachd, is thug a' choimhthionail agus a chàirdean tabhartas-buidheachais agus tabhartas-gràidh dha 'n a sheann aois, gus an gaol agus an t-urram a tha aca dha a nochdadh.

Tha iomadh ministear maith agus ministear dileas anis a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, ach tha Maighstir Dòmhnull, mar their sinn uile ris, ionmuinn agus urramach os cionn chàich. Gu ma fada a dhealaicheas a 'sholus coibhneil.'

## Gràs Dhe do'n Righ

**FÀILT**, mile failt do'n righ;  
Slainte, deagh shlàint do'n righ;  
Gràs Dhé do'n righ!  
Crùn thus' e, Dhé, le glòr;  
Crùn e le gràdh a shlòigh,  
Guidhe ar cridh 's ar beòil,  
Deagh shlaint do'n righ!

Tiodhlacan maith do stòir,  
Gu fialaidh saoibhir dòirt  
Air ceann an righ  
Gu'n dion e lagh 's gach téinn,  
Rath fior gum bi ri linn;  
A shlòigh gu sior gu'n seinn :  
Deagh shlaint do'n righ!



## Mu Aithreachas

LEIS AN OLLAMH RAIBEART BLAIR, NACH MAIREANN, A BHA AN EAGLAIS CHALUIM-CILLE, AN GLASCHU

## Ciod e aithreachas

I. THA e ceart gu'm bitheadh a' cheist so air a cur agus air a freagairt, oir is e aon de chlacha-stéidhe a' Chreidimh Chriosduidh gu bheil feum aig peacaich air aithreachas a dheanamh. Agus is e aon eile de chlacha-stéidhe a' Chreidimh Chriosduidh gur peacaich sinn uile am fianuis Dhe. Mar sin tha feum againn uile air aithreachas a dheanamh. Sin ceud ghairm an t-soisgeil. An uair a thòisich Eoin a' Bhaistidh air slighe an Tighearn a réiteachadh agus a dheanamh direach thubhairt e ris an t-sluagh, "Deanaibh aithreachas oir tha rioghachd Dhe am fagus." Thubhairt Criosd a' cheart ni an uair a thòisidh e féin air an t-soisgeul a shearmonachadh. "Thàinig mise," ars' esan, "a ghairm, chan e nam firean ach nam peacach a chum aithreachais." B' ann mu aithreachas a labhair Peadar anns a' cheud shearmon a shearmonaich e an déidh dha a bhi air a lionadh leis an Spiorad air là na Caingis. "Deanaibh aithreachas," ars' esan, "agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Criosd chum maithseanas pheacanna, agus gheibh sibh tiodhlac an Spiorad Naoimh. Bha an teagast so air a shearmonachadh leis na h-abstoil anns an linn anns an robh iad bed, agus tha an teagast so a cheart cho feumail anns an linn againne. Ach ciod e aithreachas? Chan 'eil neach air bith a tha 'g eisdeachd nach 'eil a' tuigsinn gu maith ciod a tha air a chiallachadh le aithreachas ann an gnothuichean cumanta an t-saoghal. Na'n abrainn gu robh aithreachas orm an ni ud no an ni ud eile a dheanamh, thuigeadh iad gu robh mi duilich gu'n do rinn mi iad. Ach tha tuilleadh agus sin air fhilleadh a steach anns an fhacal "aithreachas" mar tha e air a chleachadh anns an Tiomnadh Nuadh.

## Trí Ceuman

Tha e air fhilleadh a steach ann gu bheil geur-mhothachadh aig an aithreachan air peacadh; tha e a' faicinn agus a' tuigsinn a chionta an làthair an De naoimh; tha e ag aideachadh gu'n do bhris e lagh ceart agus cothromach an Tighearn; tha e mothachail gur e a pheacanna-sa a chuir Criosd gu näire agus fulangas a' chroinn-cheusaidh. Is e so daonnan aimheil an aithreachain, "A'd aghaidh, a'd aghaidh féin a mhàin pheacaich mi agus rinn mi olc a'd shealladh." An uair a tha an geur-mhothachadh

so air oibreachadh ann an anam a' pheacaich le Spiorad an Tighearn, is e sin a' cheud cheum gu fior aithreachas. Agus is e an ath cheum sealladh ceart agus tuigseach air maitheas Dhe ann an Iosa Criosd, oir an uair a tha am peacach air a dhùsgadh gu a staid chaillte fhaicinn; an uair a tha e tuigsinn nach 'eil e a' tolloinn aon ni aig làimh Dhe ach fearg agus corruiuch; an uair a smaointicheas e a eir a' ghràdh a thug Dia do shaoghal caillte ann a bhi cur aon-ghin mhic a shireadh agus a theàrnadh pheacach; an uair a chi e corruiuch ceartais Dhe a thoill e air a dhòrtadh a mach airsan a sheas ann an àite nan eiontach,—tha e air a lionadh le fuath do'n ni ghràineil sin a thug a leithid de pheanas dhasan a bha naomh agus ionlan agus deal-aichte o pheacadh. Is e so am bròn diadhaidh a dh' oibricheas aithreachas a chum slàinte de nach gabhar aithreachas, agus is e am bròn so an treas ceum ann am fior aithreachas. An uair a ruigeas an t-anam an ceum so tha e a' cur cul, chan ann ri aon pheacadh no ri aon droch chleachdadhbh ach ris gach uile ni nach 'eil a réir lagha Dhe. Is e cainnt a chridhe a nis, "Trid do reachdan fhuair mi tuigse: uime sin is fuathach leam gach slighe bheugach."

## Fuath do'n pheacadh

II. Car son a tha aithreachas feumail? Chan ann a mhàin do pheacaich uamhasach a tha aithreachas feumail ach do'n h-uile aon de shliochd Adhaimh. Tha e cho feumail do'n neach as àird e anns an rioghachd 's a tha e do'n neach as isle; do'n fheallsanach cho maith ris an neach a tha gun fhòghlum. Tha aithreachas feumail do bhrigh nach 'eil maitheanas peacadh ri fhaotainn as eugmhais. Chan 'eil mi ag ràdh gu'n glan déir an aithreachain air falbh peacadh. Cha ghlan oir chan 'eil ni a ni sin ach fuil luachmhor Chriosd. Tha an Tighearn a ghnàth deas gu maitheanas a thoirt do'n pheacadh, ach is maith leis gu'n toir e fuath do'n pheacadh agus gu'n iarr e a thréigsinn.

Tha aithreachas feumail do bhrigh gu'm feum an t-ullachadh a tha freagarrach air son nèimh a bhi air a dheanamh anns an t-saoghal so, oir chan 'eil atharrachadh a' tighinn air duine air an taobh thall de'n uaigh. Thubhairt diadhair àraigheadh mu thimchioll an ni so, "Ged bhitheadh e comasach do dhuine neo-ionchuidh dol do nèamh cha bhitheadh e toilichte ann agus leumadh e a mach thar ballachan nèimh oir

bhitheadh seirbhis nèimh 'n a h-uallach dha." Gus coslas cumanta a ghnàthachadh, bhiodh peacach neo-iompaichte ann an nèamh mar iasg as an uisge, no mar eun air a dhùnadha suas ann an eunadan. Chan fhaigheadh e ana-miannan brùideil a shàsuchadh, no a ruintean mi-naomh a choimhlionadh, agus air an aobhar sin bhitheadh e mi-shona. Cha bhiodh càil aige do shonas nèimh; cha b' urrainn dha seinn maille ris a' mhuinntir shaorta oran Mhaois agus an Uaim.

### Tròcair Chriosd

III. *Tha misneach air a thoirt duinn gu aithreachas a dheanamh.* Tha e 'na ni cruidh do dhuine na cleachdannan a bha aige a thréiginn, peacanna d'an tug e gràdh mar a làmh no shùil. A thuilleadh air sin ni nàmhaid anama gach ni as urrainn e gus am peacach a chumail fo dhaorsa. Tha ni eile ann a tha cumail móran air an ais, gu sònraichte muinntir òg, air eagal gu'm bi an companaich a' fochaid orra. Tha na h-aobhair so agus iomad rud eile a' cur bacaidh air móran dhaoine aithreachas a dheanamh, ach bu mhaith leam na h-aobhair-mhisnich a thá agaínn gu aithreachas a dheanamh a thoirt fa'r comhair.

Is e a' cheud aobhar a dh' ainnmicheas mi gu bheil Slànuighear glòrmhor tròcaireach againn, eadhon an Tighearn Iosa Criosd. Tha mi ag ainmeachadh so an toiseach do bhrigh agus gur e so a' mhisneach as mò as urrainn a bhi agaínn, gu bheil a leithid de Shlànuighear air ullachadh. Ma tha anam air bith a làthair an diugh a tha an iomcheist theirinn ris, Seall air Criosd, neach a tha comasach air téarnadh gus a' chuid is fhaide a mach. Tha an neach so an diugh ag éigheach, "Thigibh a'm ionnsuidh-sa sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach agus bheir mise suaimhneas dhuibh." Is ann mu'n t-Slànuighear glòrmhor so a tha e sgriobhta gu'n tug e cumhachd do'n mheud

agus a ghabh ris a bhi 'n an cloinn do Dhia, eadhon dhaibhsan a chreid 'n a ainm.

### Geallaidean a' Bhiobuill

Eisdibh ris na geallaidean glòrmhor a tha ann am facal Dhe : "cò air bith a dh' aidicreas agus a thréigeas a pheacanna gheibh e tròcair." "O Israel, sgrios thusa thu féin ach annam-sa tha do chabbhair." "Mar is beò mi," deir an Tighearna, "chan 'eil tlachd agam ann am bàs an aingidh." "Tha aoibhneas air nèamh air son aon pheacach a ni aithreachas."

Chan 'eil an sin ach beagan de na geallaidean a tha 'n an aobhair-mhisnich do aithreachain. Ach O, nach leòir iad, a chàirdean, gus misneach a thoirt duinn pilleadh ris an Tighearna ! Ma philleas sibhse le aithreachas a dh' ionnsuidh Dhe gabhaidh esan ribh a cheart cho cinnteach 's a ghabh an t-athair caomh ri mhad a bha eas-umhail agus a chaidh air falbh do'n dùthach chéin.

Dh' fhaodainn stad aig a so, oir tha a' mhisneach so féin làdir gu leòir, ach ceadaichibh dhomh eisiomplair no dhà a thoirt f'ar comhair bho eachdraidh a' Bhiobuill, Daibhidh agus Peadar, daoine a bha ciontach de pheacaidhean uamhasach ach a fhuair maitheanas an uair a rinn iad aithreachas. C'ar son a chaidh each-draidh iongantach nan daoine sin a sgrìobhadh ach a chum misneach a thoirt do pheacaich eile ?

O, a charadh, smaointich air do chunnart mur tréig thu do pheacadh,—*sgriosar thu.* Thoir an aire nach e so briathran duine : is e Criosd féin a thubhairt "mur dean sibhse aithreachas sgriosarsibh uile mar an ceudna," agus thubhairt e iad ann an coibhneas. Falbh, tha mi ag ràdh riut, agus glaoiadh air an Tighearn Iosa an diugh-féin ; imich agus dòirt do chridhe a mach 'n a làthair ; innis dha do staid agus ciod a tha dhith ort, agus éisidh esan rint. Bheir e dhuit a ghràs agus saoraidh e t' anam.

## Anns a' Chathair

MAR is fheàrr an tiodhlac a thug Dia dhuinn Mis ann is miosa dhuinn ma tha sinn 'g a chur gu droch bhuil. Cha b' urrainn Dia tiodhlacan a b' fheàrr a thoirt dhuinn na thug e dhuinn 'n a *Phacal* agus 'n ar *Coguis*. Sin an dà reul-iùil as cintiche do luchd-turuis anns an t-saoghal so.

Ach faodaidh eadhon *Facal* Dhe agus an *Coguis* féin daoine a chur air seachran, mur bheil iad 'gan cleachdadh gu cothromach, no ma tha iad a' deanamh iodhol dhiubh. Tha seòrsa dhaoine ann a bhitheas glé thric a' deanamh uaill as an duinealas agus an seas-mhachd féin ; daoine tioram làdir aig a bheil eridheachan cruaidh agus intinnsean litireil, a

bhitheas a' bòilich nach deachaidh iadsan riamh leth an òirlich o litir an lagha. Tha amharus aig an t-seòrsa so nach 'eil ann an daoine eile aig nach 'eil uiread suim do litir an lagha ach buigileagan gun phrionnspal a tha air an luas-gadh a null 's a nall leis a' ghaoith, agus nach 'eil iad cho coguisseach no cho dileas do *Phacal* an Tighearn riù féin. Ach ged a bhitheas iad an dùil gu bheil iad a' seasamh air an Fhìrinn agus air an *Coguis*, an da-rìreadh chan 'eil iad ach a' seasamh gu danarra air am beachdan féin.

Bha fear de'n t-seòrsa so ann an Cille-sgumain, Seumas Friseal, leth-sheann duine a thàinig as an Taobh Tuath, a bha cho fallen anns a'

Chreideamh 's nach robh eaglais ann an Cille-sgumain anns am b'urrainn euidhe air là na Sàbaid, ged bha trì ann. \* Bha òrgan ann an té dhiubh, Moderate ann an té eile, agus Baistich anns an treasa té, triùir a bha cho neo-sgriobtuirail 's nach leigeadh a choguis leis gnothuch a bhi aige riu. Mar sin bhitheadh e a' cur seachad na Sàbaid 'n a ònrachd, ag aideachadh pheacanna Chille-sgumain, agus a' toirt buidheachais do Dhia nach do chrom e a cheann riagh ann an tigh Rimoin.

Bha e fèin agus a bhean a' fuireach ann an tigh mór farsuinn a bha air oir a' mhoneadh, seann tigh-tuathanach anns do chuir an tuathanach an ciobair, a chionn gu'm b' fheàrr leis fèin a bhi fuireach na b'isle anns a' ghleann. Bha a bhean 'n a boirinnach méineil, laghach, aig nach robh coguis cho làdir 's a bha aig Seumas, ach a bha fada fada na bu choibhneile. Ged a bhitheadh i a' cluinnitinn Sheumais a' bruidhinn air tigh Rimoin cha robh fhios aice gu ceart cò a bha ann an Rimon, no ciod an t-olc a bha dol air aghaidh 'n a thigh.

Aig àm sònruichte de 'n bhliadhna bhitheadh fear-paca a' tadhall ann an Cille-sgumain, a' reic treathlaich a bha aige anns a' phaca ; cìrean, is snàthadan, is prineachan, is speulairean, is fichead rud eile de'n t-seòrsa sin. Am measg nan tighean eile anns am bitheadh e a' tadhall bhitheadh e a' tadhall air bean Sheumais Friseal, agus bhitheadh i a' toirt dha cupan tea.

Ach là de na làithean chuala Seumas gur e Pàpanach a bha ann am fear-a'-phaca, agus bu leòr sin. Thoirmisg e d'a mhnaoi a leigeal a steach air an dorus, is thug e àithne dhi malairt air bith a bhitheadh i a' deanamh ris a deanamh air a' bhlàr.

" Cha bhiodh e siobhalta," arsa Màiri, " gun an duine iarradh a steach, no coibhneil gun greim bidh a thoirt dha an déidh dha am bruthach a dhireadh ; chan 'eil cron ann an aigheachd a thoirt do choigreach ! "

" Chan e coigreach a tha ann am fear-a'-phaca," arsa Seumas, " ach Pàpanach, dearg Phàpanach a bhithreas 'ga chroiseadh fèin agus ag ùrnuigh ris an Oigh Muire ; nach 'eil a' smuaineachadh air ifreann là deug 's a' bhlàdhna ach air burgadoir, agus a bhios ag ràdh ostail ris na h-abstoil. Dh' fhaodadh breitheanas an Tighearna tighinn air an tigh againn na'n toireamaid gnùis do ghisreagan nach 'eil anns a' Bhiobull."

\* \* \* \* \*

Oidhche stoirm nach fhacas a leithid bho thuit Drochaid Tatha bha fear-a'-phaca air a' chuairet an Cille-sgumain. An àirde na gaillinn ràinig e an dorus aig Seumas Friseal, an dòchas gu'm faigheadh e fasgadh agus cuid na h-oidhche. Is e Seumas fhéin a dh' fhosgail an dorus, ach a

cheart cho luath 's a chunnaic e gur e am Pàpanach a bha ann, thraoigh tobar na tròcair 'n a chorp, chaideh a Choguis air a tur-faire, is thàinig sgriobtuir an deidh sgriobtuir gu chuimhne mu'n fhiadh-bheathach a bha a' cogadh an aghaidh an Uain, agus mu'n striopach a bha air a sgeadachadh ann an sgàrlaid agus cupan oir aice na làimh, làn de neòghloine agus de ghràinealachd. Ach bha an oidhche cho fiadhaich agus suidheachadh an duine cho truagh 's gu robh Seumas Friseal am impis géilleachdainn d'a athchuingeann, agus a leigeil a steach, an uair a thàinig an earrann so á Litir an abstoil Eoin 'n a inntinn mar gu'n tigeadh peilear á gunna, " Ge b' e neach nach fan ann an teagastg Chriosd chan 'eil Dia aige . . . ma thig neach air bith do 'ur n-ionnsuidh, agus nach toir e an teagastg so leis, na gabhaibh e a steach do 'ur tigh, agus na h-abraibh ris, Gu'n soir-bhich leat." An sin chruadhaich e a chridhe, is dhùin e an dorus gu luath air sròn a' Phàpanach, air eagal gu'n leigeadh e le faireachduinean a chridhe no le inne a thròcair buaidh flaotainn air a Choguis agus air Facial Dhe.

\* \* \* \* \*

Ged bha Seumas Friseil ag ràdh ris fhéin gu'n do rinn e an ni a bha ceart, iùmlachd a thoirt do Phacal Dhe agus d'a Choguis, cha robh inntinn aig fois. Cha do dhùin a shùil fad na h-oidhche ; an dràsd dh' eisdeadh e ri fuaim na gaillinn is chuimhnicheadh e air an truaghan a bha mach fo na siantan, ach an ath mhonaid chuimhmeheadh e air searmon a chual e o Mhac Rath Mór air a' cheann-theagaig, " Thigibh a mach as am meadhon agus deallaichibh riu, tha an Tighearn ag ràdh, agus na beanaibh ris an ni neòghlan," agus air searmon eile a chual e air Di-Luain a' Chomanachaiddh ann an Gearr-loch, " Ma chuireas neach air bith ris na nithibh so, cuiridh Dia airson na plàighean a tha sgriobhta anns an leabhar so : agus ma bheir neach air bith bho bhriathran leabhar na fàidheadaireachd so, bheir Dia a chuibhrionn-sa à leabhar na beatha."

Chan e mhàin nach do chaidil e fhein, ach cha do leig e do Mhàiri cadal na's mò ; fad na h-oidhche lean e air sgriobturan a thoirt a mach as a chuimhne a bha 'ga fhireanachadh fhéin, agus a' dearbhadh dhi nach b'urrainn e mar chreidmheach dileas agus coguisseach rud eile a deanamh ach mar rinn e. B' ann an Farrá-Ghàidheal a rugadh agus a thogadh Mairi ; mar sin cha robh uiread de'n Bhiobull aice air a meòmhair 's a tha aig na Tuathaich, agus cha b'urrainn i seasamh ri Seumas ann an argumaid, ach air a shon sin bha i cinnteach gu robh e ceàrr dha an duine truagh ud a chur air falbh o'n dorus agus bha duilichinn agus näire oirre gu'n do rinn e e.

" Nach 'eil Pol ag ràdh," ars' esan, " gu bheil

fearg Dhe a' tighinn air cloinn na h-eas-ùmh-lachd," agus ag ràdh cuideachd. "Na bithibh-se uime sin 'n ur luchd-comh-phàirt riù. An iarradh tu orm dol an aghaidh Phòil ?"

"Tha mi coma," arsa Máiri, "gu dé a tha Pol ag ràdh, ach cha chreid mi gu'n dùineadh Pol an dorus air Hottentot no air creutair beò eile air a leithid so a dh' oidhche; mur bi sinn tròcaireach agus bàigheil ri càch a chéile, agus mur dean sinn ri daoine eile mar bu mhaith leinn iad a dheanamh ruinn, ciod am feum a tha ann dhuinn a bhi a' creidisinn anns a' Bhiobull idir? Ged nach 'eil am Biobull agam-sa air mo theangaidh mar tha e agad-sa, agus ged nach 'eil cuimhne agam air na h-earrannan a tha ag iarraidh oirnn a bhi coibhneil agus blàth ri càch a chéile, tha fhios agam gu bheil iad ann, agus ged nach bitheadh iad ann idir, tha mo choguis ag innseadh dhòmh gu robh e ceàrr cuid na h-oidhche a dhiùltadh do'n duine thruagh."

"An cuireadh tu do choguis nàdurra os cionn Facal an Tighearn, arsa Seumas?"

"Chan 'eil mise a' cur Facal an Tighearna sios no suas," ars' ise, "agus cha mhò a tha fhios agam ciod a tha ann an coguis nàdurra, ach co dhiu bha e neo-nàdurra dhuit-sa agus neo-Chriosdail an diol-déirce a thionndadh air falbh o'n dorus a nochd."

\* \* \* \* \*

Ach ged bha sgriobturan a' tighinn gu inntinn Sheumais leis an robh e 'g a fhreanachadh fhéin thòisich sgriobturan eile air tighinn thuige a bha 'g a dheanamh neo-shocerach agus mishona. A thuilleadh air sin mhothaich e nach robh a Choguis a' seasamh air a thaobh cho làdir's a b' àbhaist dhi; an àite a mholadh air son ùmhachd a thoirt do Fhacal an Tighearn is ann a thòisich i air a bhioradh a chionn gu'n do rinn e sin. Mu dheireadh thàinig an

smuain 'n a chridhe gu'm b' fheàrr leis nach robh an earrann ud idir ann am Facal an Tighearn, ach an ath mhionaid dh' iarr e maiteanas air Dia air son smuain cho toibh-eumach a thighinn 'n a cheann. A dh' aindeoin a chridhe thigeadh dealbh a' Phàpanaich, a mach anns an stoirm, fa chomhair inntinn an dràsd 's a ris, gus mu dheireadh nach b'urrainn e fiureach anns an leabaidh na b' fhaide. An uair a bha e' cur uime aodaich bhual an t-eagal 'n a chridhe nach robh e riamh air iompachadh, agus gur ann uime-san a labhair an Salmadair an uair a thubhaint e, "Gearradh e as a chuimhne o'n talamh, a chionn nach do chuimhnich e tròcair a nochdadh, ach gu'n do gheur-lean e an duine bochd agus uireasbuidheach, chum a mharbhadh."

\* \* \* \* \*

Am beul an latha, agus an tulla na sìne, chaideh e mach agus lainntear 'n a làimh a dheanamh iarraidh-bhèò no iarraidh-mhairbh air fear-a-phaca, ach cha do leig e a leas dol fada o'n tigh, oir mu dhà cheud slat o'n dorus fhuar e an duine ann an cuithe shmeachd, agus e fuar marbh. Bha a' mhaduinn cho gábhaidh 's nach b'urrainn Máiri dol a mach as an tigh a dh' fheuchainn am faiceadh i Seumas, ach mu mheadhon-là thàinig am posta air, agus e 'n a ghurrach air uile-bhall-chrith ri taobh a' mhairbh, a' seinn na sailm so air fonn *Ballerma*,

Oir dhearmad e bhi tròcaireach, is shàruich e am bochd  
'S an t-ainnis, chum gu marbhadh e neach 'g an robh cridhe goirt.

Mar thug e toil do mhallachadh, mallaicht' biodh e gach là;  
Is mar nach b' aill leis beannachadh, na h-éireadh beannachd dha.

Am feasgar sin fhéin thugadh air falbh e do Cheann-Loch-Gilb.

## Anns a' Choille Bheithe

ANNS a' mhaduinn an diugh (a' cheathramh Àl à de Mhaigh) chuala mi a' chuthag a' cheud uair am bliadhna, is thog mo chridhe ri guth. Tha a' chuthag 'na h-eun sìth, a' tighinn agus a' falbh mar a' ghaoth, gun fhios c'uin a thig i gus an cluinnear a *gug-oo*. Agus cò riagh a chuala *gug-oo* na cuthaige gun a chridhe a thoirt leum as, gun fhios aige car son?

Chan 'eil eun eile anns an ealtainn air a bheil sinn cho eòlach 's a tha sim air a' chuthaig, ach aig a' cheart àm cho aineolach. Chan 'eil duine idir do nach aithnne a guth, ach tha gu leòir de dhaoine nach fhaca riagh i, oir tha i clis agus sitheil 'n a gluasad.

Chan e binneas a gutha a tha tarruing aire dhaoine gu'gairm na cuthaige, ach ni-eigin eile

nach buin idir do cheòl; an seòrsa gairm a tha aice agus an dùil a tha agaínn rithe aig am sònruichte de'n bhliadhna. Mar eun-seinn chan 'eil aice ach guth tùchanach gun cheòl gun mhire an coimeas ris an smèòrach, no ris an lòn-dubh, no ris an uiseig. Ach air a shon sin, ged a bhithreas simm air uairean a' cluinninn an smèòrach agus na h-uiseig gun a bhi ag éisdeachd riù, a cheart cho luath 's a ghlaodhas a' chuthag *gug-oo*, leumaidh ar cridhe agus théid sinn 'n ar faireachadh, mar a leum cri-dheachan nan Iudhach ann an tìr na daorsa an uair a chual iad gu robh geomhradh am mishuaimhneis a nis thairis agus là na saorsa air teachd. "Cia maiseach," ars' iadsan, "air na sléibhteán casan an teachdaire aoibhinn, a

tha ag éigheach sithe ; teachdaire an deagh sgeòil, a tha ag éigheach sláinte ; a tha ag ràdh ri Sion, Is e do Dhia as Rìgh ann." Is e rud-eigin mar sin a tha a' toirt air eridheachan dhaoine leum 'n an uchd a' cheud uair a chluinneas iad a' chuthag a h-uile bliadhna.

### Ceist dhuilich

Ach ged b' fhada air falbh m' inntinn-sa bho na nithean so anns a' mhaduinn chuir an guth ud mo smuaintean o aon rud gu rud eile gus mu dheimreadh an do shocruich iad air ceist nach urrainn mi fhuasgladh, agus air diomhaireachdan anns a' chruthachadh nach 'eil mi a' tuig-sinn. Ged tha gairm na cuthaige a' toirt uiread sòlais agus togail-cridhe do dhaoine chan eil innte ach droch chreatair. Theagamh nach bu chòir dhomh sin a ràdh mu chrentair air bith a rinn Dia, co-dhiu creatairean aig nach 'eil saor thoil agus nach 'eil ach a' toirt ümhachd do na laghanan a chuir Dia 'n an corp, ach is e a tha mi a' ciallachadh gu bheil dòighean aig a' chuthaig nach 'eil idir beusach, no uasal, no ceart, a réir ar toimhsean-ne. A dh' aon rud cha dean i nead dhi fhéin ; cuiridh i an t-ubh ann an nead eòin eile, is leigheid i leis an eun sin a h-àl àrach. Air dòigh air chor-eigin is aithne dhi na h-eòin a fhreagras na h-uibhean aice air na nid aca, is gheibhear an t-ubh aice anns an nead aig càrr agus fichead eun eile anns an dùthach so fhéin. Théid aice cuideachd air meudachd agus dath a h-uibhe atharrachadh a réir na nid anns a bheil i dol 'g a chur, rud neònach da rìreadh. Tha an aon mheudachd agus an aon dath air uibhean nan eun eile daonna ; geal, no gorm, no breac, no breacruadh, no dorcha, air chor agus gu bheil e furasda gu leòr an aithneachadh air an dath agus air am meudachd. Ach chan 'eil dath sònruichte dha fhéin air ubh na cuthaige ; faodaidh e a bhi dorcha no soilleir, glas no geal no gorm, no breac-ghlas no gorm-ghlas. Air uairean tha i a' breith an uibhe anns an nead choimhich, a' gabhail cothrom air sin a dheanamh an uair nach 'eil an t-eun eile 'na laighe oirre, ach glé thric tha i a' breith an uibhe air an lèr agus an sin 'g a thogail 'na gob agus 'ga chur ann an nead as aithne dhi, nead a fhreagras air a thaobh meudachd agus dath. M' an stad i de bhreith cuiridh i ubh anns na nid aig ceithir no còig a dh' eòin eile.

### Nàdur na cuthaige

Ach tha na's miosa na sin ri innseadh mu nàdur na cuthaige ; an uair a thig a' chuthag òg a mach as an ubh cuiridh i na h-eòin eile a mach as an nead mar nach robh còir air bith aca a bhi innte, is bheir i air a-muime frithealadh uile gu léir dhi fhéin. Chan fhuling i companaich a bhi còmhla rithe idir, bigeanan air bith a bha air an toirt a mach as an ubh anns an

aon nead ri bigeán-cuthaig chan 'eil romhpa ach am bàs, agus glé bhitheanta bàs eagallach ; air an tilgeadh gu talamh mar gu'm bitheadh duine air a thilgeadh bhàrr stalla creige agus an t-eanchainn air a chur as. Sin agad an t-olc a ni an creutair so a cheart mhionaid a thig i a steach do'n t-saoghal ; làmhachas-làdir agus bruídealas as miosa na bhitheas clann-daoine a' deanamh air càch a chéile. Chan e mhàin gu bheil an t-olc 'n a fuil gu nàdurra ach tha a druim agus a sgiathan air an cumadh gu nàdurra los gu'n téid aice air na h-eòin eile a thogail air a gualainn agus an tilgeadh a mach as an nead mar a bhitheadh Dòmhnull Dinnie a' tilgeadh a' chabair. Cò a chuir na h-innleachdan so agus an t-olc so anns an t-seann chuthaig agus anns a' chuthaig òig, no ciod is ciall d'a leithid so a bhi ann am beatha a' chruthachaidh ? Ma their thu nach 'eil ann ach *instincts* a tha ann an creatairean aig nach 'eil ciall no coguis, tur no reuson, chan 'eil sin ach a' seachnad ceist dhuilich. Ciad a tha ann an *instinct* ach laghannan diomhair d'a bheil creatairean a' toirt ümhachd a chionn gu'm feum iad am beatha fhéin a theàrnadh, agus a theàrnadh le *an luathas, agus an cruidhas, agus an làidireachd* férin ?

### Lagh na Coille

Theagamh gu bheil iomadh lagh eile ag oibreachadh am measg chreatairean na coille agus na machrach nach aithne dhòmhhsa, agus air nach do smuainich mi riamh, ach tha e furasda gu leòr fhaicinn gu bheil a' bhéist as mothag itheadh na béisite as lugha, agus gu bheil gach creutair 'g a thoirt férin as le a luathas, a chruadhas, agus a làidireachd férin.

Tha suas ri còig ceud de sheòrsachan figh-eadair anns an dùthach so, ach ged is ann air maise agus innleachdas am bearitean a bhitheas sinne a' smuaineachadh, chan ann a nochdadh grinnseas a shniomhaidh a tha am figheadair a' deanamh na beairte ach a *bhreith air cuileagan agus air creatairean eile a dh' itheas e.* Cha leig e a leas dol do'n sgoil a dh' ionnsachadh sniomh, no leanas a ghabhail o fighheadair eile ; tha *instinct* ag innseadh dha ciad is còir dha a dheanamh, agus ciad a tha *instinct a' ciallachadh* ach an t-eòlas a thug Dia dha 'nuair a chruthaich e e ? Theagamh gur ann 'n a aoraibh a tha an t-eòlas sin agus nach ann 'n a eanchainn, ach nach coma c' àite a bheil e, ma tha e aige, agus ma thug Dia dha e, agus ma tha Dia toilichte leis an fheum a tha e a' deanamh dheth ! Tha am figheadair a' cur an eòlais sin a thug Dia dha gu buil a shaoleamaid sinne borb agus an-iochdmhor na'n cluinneamaid gu robh Hitler, no Mussolini, no Franco, a' deanamh nan nithean a bhitheas esan a' deanamh. Sniomhaidh e a lion gu luath agus gu h-innleachdach anns an àite anns an saoil e gu'n glac e a' chuireag, agus

an sin suidhidh e anns an oisean gus an tuit gòrag anns an ribe. Tha am figheadair gaolach air an fheòil a dh' itheas e a bhi ùr ; an uair a ghlacas e cuileag, ma tha feòil gu leòr aige anns an stòr cheana, cha dean e ach teadhair chinn-teach a chur oirre anns an lìon gus am bi e freagarrach dha a marbhadh agus a h-itheadh.

### Còmhstri shiøruidh

An àite e bhi fior gur e mac an duine an aon chreutair a tha olc agus an-iocdmhor, no a bhithreas a' deanamh làmhachas-làdir air a bhràthair, is e an fhirinn nach 'eil ann an còmhstri chloinn-daoine ach cogadh suarrach an coimeas ri déine agus an-iocdmhorachd na còmhstri shiøruidh a tha dol air aghaidh am measg chreutairean na coille agus na machrach. Annas a' chòmhstri sin tha gach creutair 'g a thoirt fèin as le a luathas, agus a chruadhas, agus a làidireachd fèin, agus is e Dia a chuir 'n a aoraibh an t-eòlas sin leis a bheil e 'g a thoirt fèin as. Am faodar so a ghabhail mar chuid de 'n foillseachadh a tha Dia a' deanamh air fèin, air a thoil, agus air a nàdur, agus air a rùintean, agus air a' chrich àraidih a tha aige anns an t-sealladh mar Fhear-riaghlaidh an t-saoghal ?

Ciod an dàimh a tha eadar am foillseachadh a gheibhear air Dia anns a' Bhiobull agus am

foillseachadh a tha e a' deanamh air fèin ann am beatha agus ann an oibreachadh a' chruthachaidh ? Sin ceist a bhitheas daonnan beò. Ma their thu nach 'eil an dà foillseachadh sin a' dol an aghaidh a chéile uair air bith chan abair mise gu bheil thu ceàrr (a chionn nach 'eil fhios agam) ach saoilidh mi gu bheil am facial sin ro làdir. Chan 'eil mi a faicinn comharradh air bith am measg chreutairean na Coille gu bheil Dia a' gabbail tlachd ann an *seotachan*, no a' gabbail cùramh dhiubh. Ach cò a theireadh nach robh suim aig Criosd do sheotachan ? Is e lagh na Coille " am fear a bhios air dheireadh, beiridh a' bhéist air " ach is e a tha Criosd ag radh,

" *Am fear a bha air dheireadh bitidh e air thoiseach.*"

" *Am fear as lugha is esan as mothà.*"

" *Am fear a bha caillte fhuaradh e.*"

A réir laghanna na Coille tha na seotachan air an gearradh as gun sgur, gun iochd gun tròcair, agus gun chreutair eile 'g an caoidh, ach a réir laghanna ar riòghachd thatar a' cumail nan daoine làdir fodha los cothrom a thoirt do na seotachan. Is thatar 'g a dheanamh sin a chionn gu bheil sinn a' creidsinn gu bheil am Biobull a' foillseachadh inntinn Dhe na's soilleire na tha a' Choille.

## A bheil e flor ?

**B**HO chionn ghoirid bha mi fhéin agus duine bas aithne dhomh an Dùn-éideann a' bruidhinn mu'n atharrachadh a tha air tighinn air daoine òga a thaobh dol do'n eaglais, agus anns a' bhruiddhinn a bha againn thubhairt e gu robh e fhéin a' call a chàil air dol do'n eaglais, agus mur bitheadh gu robh e 'n a fhoirbhealach agus gu robh näire air fuireach aside nach rachadh e inntte ach glé annamh.

" Car son sin ? ", thubhairt mi ris.

" Tha, " ars' esan, " a chionn nach 'eil mi a' cluaintinn anns an eaglais mu na nithean a bheireadh inntte mi, mu Dhia agus mu'n t-saoghal neo-fhaicsinneach. Sàbaid an déidh Sàbaid chan 'eil aig a' mhiniestar againn ach an seòrsa seanchais a gheibhear anns na paipearan-naidheachd mu chor an t-saoghal agus mu na cunnartan a tha bagairt oirnn ma dh' éireas cogadh. Chan 'eil dad a' dol air aghaidh air feadh an t-saoghal nach dean e iomradh air anns a' chùbaidh ; tha an *League of Nations* air a theangaidh a h-uile là 's a' bhlàdhna gus a bheil uiread gràin agam oirre 's a tha agam air an donas fhéin, agus a cheart cho luath 's a chluinneas mi am facial *Geneva* tha fhios agam gu robh cho maith dhomh a bhi 'n am chadal. B' fheàrr leam gu'n deanadh e fhéin agus a h-uile ministear eile agaibh anns an eaglais d'a sheòrsa mar

a rinn Seumas Bàrr, gu'n tugadh sibh oirbh Tigh nan Cumantan, agus gu'n leigeadh sibh leinne ministearan ceart fhaotainn, ministearan coltach ris an Ollamh Alasdair Whyte nach maireann agus ri Graham Scroggie a bha anns an eaglais Bhaistich."

Cha ruig mi leas an còrr de sheanchas an duine a chur sìos air an duilleig so, oir bha e gu maith làdir, ach ged nach deachaidh mise ann an argumaid ris, agus ged nach dubhairt mi aig an àm ach nach robh leithidean Alasdair Whyte, agus Graham Scroggie, agus an abstoir Pol, furasd am faotainn bha m' intinn agus mo chridhe ag aontachadh leis fad na h-iùine, ged nach bu mhaith leam labhairt no sgríobhadh cho làdir no cho teth 's a labhairt esan.

Chan 'eil e furasda daoine a thoileachadh ; na'n rachadh tu ann an seanchas ri duin-eigin eile ann an eaglais eile theagamh gu'n abradh e gu'n robh am ministear aige-san a' call greim air an òigradh, a chionn nach bi e a' labhairt uair air bith mu na nithean a tha 'n an inntinnean, no a bhuineas do shaoghal nam beò, ach mu nèamh agus mu fhois nan naomh agus mu dhiomhaireachdan mu Dhia nach 'eil iad a' tuiginn agus anns nach 'eil ùigh aca.

Ach chan ann daoine a thoileachadh a tha neach air bith air a chur air leth a shear-

monachadh, ach a thoirt fianuis do'n t-saoghal mu Dhia agus mu'n t-saoghal neo-fhaicisinnéach. Bha an duine ceart gu leòr anns a' chuid sin ; tha miltean ann an Eaglais na h-Alba an diugh a' fàs seachd sgith de'n t-seòrsa searmonachaiddh a tha iad a' faotainn, searmoin mu chor an t-saoghal, mu shuidheachadh nan rioghachdan, mu'n fheum a tha aig an t-saoghal air an rud a tha aig an eaglais ri thoirt dha, mu'n déidh a tha aig daoine air airgiod agus toil-inntinn, agus a' ghràin a tha aca air dol do'n eaglais, mu chogadh, mu chomharran na h-aimsir, mu Etiopia agus an *League of Nations*, mu cheartas Bhreatuinn, no mu chealgaireachd Bhreatuinn, agus mar sin agus mar sin sios. Chan 'eil duine anns an eaglais, o'n Mhoderàtor gus am ministear as òige inntte, a rachainn aon cheum mo choise air là Sàbaid no seachduin a dh' éisdeachd ciod a tha aige ri ràdh mu chor an t-saoghal no mu chunnartan cogaidh, ach rachainn fada gu leòr a dh' éisdeachd duine túrail a' bruidhinn mu Dhia agus mu na rinn Dia air son 'anama.

Chan 'eil ann ach call analach do mhiniestearan a bhi labhairt ris an rioghachd no ri tighearnan, no do'n Eaglais a bhi ag ràdh gu bheil teachdaireachd aice-se do'n rioghachd ris am feum

an rioghachd éisdeachd, ma bu mhaith leatha mairsin beò. Is e priomh obair mhiniestearan bruidhinn ri anama fa leth agus bruidhinn riu mu Dhia agus mu nithean spioradail, agus chan 'eil teachdaireachd aig an eaglais ris an éisd an rioghachd no an saoghal ach a mhàin an fhanuis a chi iad ann am beatha dhaoine diadhaidh agus spioradail.

Am measg dhileaban eile a dh' fhàg an Cogadh Mór agaínn dh' fhàg e an droch cleachdadhl so agaínn, oir ged thòisich an cleachdadhl roimh 'n Chogadh is ann ri linn a' Chogaidh a fhuair e greim cho làdir air an eaglais agus a thòisich uiread mhiniestearan air labhairt mu'n Chaesair, agus mu chor an t-saoghal, agus mu nithean aimsireil agus faicsinneach.

Ach dh' fhaodamaid na nithean sin (social agus economic problems) a nis fhàgail an urrais an Ollamh Boanerges Pom-Pom agus tòiseachadh as ùr air labhairt mu Dhia agus mu na nithean a tha air a ràdh uime anns a' Bhiobull ; *Geneva* fhàgail agus dol air ar n-ais gu Bethlehem. Chan 'eil seanchas air an t-saoghal as luaithe a ghlaeas aire dhaoine na seanchas mu Dhia, ma tha am fear-seanchais túrail agus iriosal, agus nach leig e air gur h-aithne dha nithean nach aithne dha idir.

## Aig an Uinneig

### Righ Deòrsa

**C**HÀIDH a h-uile ni a bhuiineadh do Chrùnadh Can Righ air aghaidh mar bu mhaith leis an dùthaich, is tha an guidhe agus an ùrnuigh a nis ann an cridheachan an t-sluagh, gu'n lean an Righ ùr ann an ceuman athar.

Chan 'eil neach eile air an t-saoghal 'n a shuidhe ann an cathair cho àrd no cho greadhnach ri righ-chathair Bhreatuinn ; chan 'eil uachdaran eile air an t-saoghal anns an linn so cho cumhachdach ri Righ Deòrsa, anns an t-seagh gu bheil e a' riaghlaigh iompairreachd anns a bheil barrachd sluagh agus barrachd fearainn na tha ann an iompairreachd eile fo'n gréin.

Tha e a' cur ionghnaidh air móran dhaoine ciod a bu chiall no b' aobhar do'n iolach agus do'n aighear a bha air a dheanamh mu chrùnadh an Righ air feedh na dùthcha gu léir, agus leis gach seòrsa dhaoine ; Socialists agus Tories, Pacifists agus Saighdearan ; fir, agus mnathan, agus clann. Theagamh gu robh iomadh aobhar a' comh-oibreachadh r'a chéile anns a' chùis so, ach tha mi an dùil gur e an fhòr aobhar an taingealachd a bha ann an cridheachan dhaoine gu'n deachaidh uile a bha bagairt orra seachad agus gu'n d' fhuaras anns a' chàraid òig a tha nis air an crùnadh Righ agus Banrigh a chumas righ-chathair Bhreatuinn measail agus urramach am fianuis an t-saoghal.

Tha iad le chéile fo dheagh chliù ; bha am beatha agus an dachaidh réidh, sona, an uair a thainig a' ghairm so thuca gu h-obann, agus gun iad air iad fhéin ullachadh air son dhleas-danasan rioghail mar bu mhaith leò a bhith. Ach gun fhacal no usaid a dheanamh uime ghabh iad os làimh an t-uallach trom a bhithreas orra gu bràth tuilleadh, oir chan 'eil anns an Righ ach seirbhiseach nan uile.

Tha e air a ràdh nach 'eil buadhan inntinn aig an Righ ùr ach mar tha aig a' chumantas de'n t-sluagh, ach bha sin a cheart cho fior a thaobh athar, agus nach bu mhaith agus nach bu ghlic an Righ e ! Chan e comasan no géiread inntinn a tha muinntir Bhreatuinn ag iarraidh anns an Righ, oir tha gu leòir de sheirbhisich aige anns a' Chùirt agus anns a' Phàrlamaid air an deagh phàigheadh air son a chumail ceart ann an gnothuichean de'n t-seòrsa sin. Is e an seòrsa Righ as toigh le muinntir Bhreatuinn duine a tha car coltach riu fhéin ach na's fheàrr na iad fhéin ; duine simplidh, priomhspalach, m' am faodar a ràdh gur e fior dhuin-usas a tha ann, a tha sona 'n a dhachaidh le mhnaoi agus le chloinn fhéin, duine glic a ghabhas comhairle, agus a tha faireachail ri bochdan agus ri daoine air an tainig call no mì-flhortan. Sin an seòrsa Righ a bu mhaith leinn a bhi air a' Chrùn, agus is e an dòchas a tha anns an dùthaich gu'n d'

fhuras a leithid so de dhuine ann an Righ Deòrsa a b' aobhar do'n iolach a bha air a dheanamh aig àm a chrùnaidh air a' mhios a chaidh seachad.

### An t-Ard Sheanadh

M'an leughar an duilleag so an ath mhios bithidh an t-Ard Sheanadh air cruinneachadh agus air sgaoileadh. Tha ceangal aig muinntir na Gàidhealtachd agus nan Eileanan ris an t-Seanadh am bliadhna na's làidire na's àbhaist, a chionn gur e an t-Ollamh Dùghall Mac Phàrlain Ceann-suidhe an t-Seanaidh. Tha e trom air ministear sgìreachd ullachadh air son obair an t-Seanaidh a dheanamh a thuilleadh air obair a' choimhthionail féin, ach goirid m' an do choinnich an Seanadh bha uallach eile, agus uallach a bu ghoirte leis, air a leagail air guillean a' Mhoderàtor, oir chaill e an aona bhràthair a bha aige. Shiubhail e anns an Fhraing. Bha móran d'a luchd-eòlais anns an dùthach a' smuaineachadh air a' Mhoderàtor aig an àm le faireachduinn bhlàth is bhràithreil.

A thaobh 's gu bheil Gàidhlig aig Moderator na bliadhna so tha a chuairet ri bhi air a cumail an taobh a stigh de chriochan na Gàidhealtachd agus nan Eileanan cho fad 's a ghabhas sin deanamh. Tha iomadh turus air am feum e dol do cheàrnar eile de'n dùthachd cho maith ris a' Ghàidhealtachd, ach théid e air feedh uiread 's is urrainn e de na Cléirean Gàidhealach, e fhéin agus a ghillean-frithealaidh. Na'n rachadh aig aon de na ghilliean-frithealaidh sin air innseadh cia meud eaglais air tir-mór na Gàidhealtachd anns a bheil Gàidhlig air a searmonachadh bhithinn 'n a chomain.

### Dùn-éideann ag itheadh ar codach

Tha feadhainn de luchd-dreuchd na h-eaglais agus gu leòir de dhaoine 'n ar coimhthionailean aig a bheil amharus gu bheil a' chuid mhór de'n airgiot a thatar a' cur suas do Dhùn-éideann a h-uile bliadhna air a chosd a' pàidheadh feachd de mhinistearan leth-dhiomhaineach agus réiseamaid de chléirich ann an 121 Sràid Sheòrais, agus mar is lugha a tha iad a' cur suas a dh' airgiot is ann is mothà an amharus. Air an t-seachduin so chaidh thachair fear-dreuchd de'n t-seòrsa so riùm anns an trèan, agus fad na h-ùine a bha sinn còmhla b'e sud an aon duan

a bha aige, gu bheil cinn na h-eaglais an Dùn-éideann ag itheadh ar codach mar a bhios luchd-lagha ag itheadh nan dileabhan anns am bi làmh aca. Dh' fheuch mi ris an duine a chur as a bheachd, ach bu cho maith dhomh feuch-ainn ri Caisteal Dhùn-éideann a charachadh as àite. An uair a thàinig mi dhachaидh sheall mi anns an Leabhar Dhearg a dh' fhaicinn ciod a chuir an coimhthionail anns a bheil e 'na fheardreuchd suas do Dhùn-éideann an uiridh ; cha do chuir e suas ach — notaichean, suim cho beag 's nach deanadh e cuirm-chnuic a thoirt do Chileadairean na h-Eaglais sios gu Prestonpans. Chuala mi daoine as túraile na 'm fear a thachair orm anns an trèan a' deanamh a' cheart ghearrain so, gu sònruichte an uair nach 'eil iad air dealbh, ach chan 'eil facial firinn ann. Is e an fhìor aobhar gu bheil riaghlaidh na h-eaglais car cosdail an diugh gu bheil uiread gnothuichean air làmhan na h-eaglais 's a tha air làmhan Shaw, Walker, & Co., an Glaschu, no Imperial Chemicals Co., no oibríchean móra de'n t-seòrsa sin, agus gu'm feum i a gnothuichean a chur an òrduigh a cheart cho riaghail-teach ri comuinn eile. Ged nach 'eil mi uile gu léir cinnteach tha mi an dùil gur fhiach Eaglais na h-Alba, ann an togalaichean agus an airgiot, suas ri còig muillean punnd Sasunnach. Feumaidh sin riaghlaidairreachd, agus chan ann gun chodus has ghabhas riaghlaidairreachd deanamh uair air aibh. A thuilleadh air sin tha sinn ag iarraidh a nis air 121 Sràid Sheòrais frithealadh choluath agus cho maith a dheanamh dhuinn 's a dh' iarrar air a' mharsanta no air a' bhuidsear. Ach tha sin a' cosd airgid. Na'n cuireadh am fear a' thachair orm anns an trèan litir gu 121 Sràid Sheòrais, agus mur faigheadh e fios-freagairt leis an ath phosta, leumadh e as a chraicionn le feirg. Ach ciamar a sgríobhar litir mur bheil cléireach ann a sgríobhas i, agus ciamar a gheibhearr cléireach gun a phàidheadh?

Ged nach do sheall mise a steach anns a' chùis, tha urrainn mhaith agam air a ràdh, gu bheil an riaghlaidairreachd a tha cinn na h-eaglais a' deanamh an Sràid Sheòrais a' cosd na's lugha a' n riaghlaidairreachd a thatar a' deanamh ann am marsantachd shaoghalta.

An àite a bhi ag itheadh ar codach tha Dùn-éideann cùramach agus caomhnanta air airgiot na h-eaglais.

## Crùnadh ar Righ

(*Chi sinn Iosa air a chrùnadh*)

**C**RUNAR E, Ard Righ nan righ,  
Gach neach is ni tighinn fo a smachd ;  
Is rioghachdan na cruinne stri  
Cò as dilse bhitheas d'a reachd.

Crùnar E, Buan Righ nan àl,  
Bho linn gu linn toirt solus iùil,  
G'an stiùireadh uile mar is àill  
Le glicias gràidh Aird Righ nan dùl.



## Tlachd an Tighearn

*"Mo thlachd maille ri cloinn nan daoine."*—GNATH-FHOCAIL viii. 31.

BU mhaith leam anns an t-seanchas so bascaid De chnàmhan tioram a chruinneachadh, cnàmhan air am faod an luchd-leughaidh feòil a chur ma thogras iad.

Ged nach iarradh Chriosd oirrn idir na sgrìobh-turan a rannsachadh bhiodh e maith dhuinn sin a dheanamh, oir tha am Biobull air a dheach-dadh leis an Spiorad Naomh, agus tarbhach a chum teagaig, a chum crònachaidh, a chum oillein ann am fireantachd. Chan 'eil fear-mìneachaidh air a' Bhiobull as fheàrr na am Biobull fèin; cuiridh aon rann solus air rann eile. Tha briathran nam faidhean agus nan abstol a' cur soluis air a chéile, agus tha briathran Chriosd a' soilseachadh a' Bhiobuill uile. Rannsaicheamaid, ma ta, na sgrìobh-turan, agus thugamai an aire ciod e na nithean anns a bheil tlachd aig Dia, agus na nithean anns nach 'eil tlachd aige idir.

Tha e furasda gu leòr gnè agus nàdur duine a thuigsinn ma 's aithne dhuit ciod e na nithean anns a bheil àig agus tlachd aige; innisidh an dùrachd an cridhe. Tha so fior a thaobh Dhe mar an ceudna; tha a nàdur agus a rùinteán air am foillseachadh dhuinn anns na h-earrannan sin de 'n Bhiobull a tha ag innseadh dhuinn nan nithean anns a bheil tlachd aige.

\* \* \* \* \*

Tha trì nithean anns nach 'eil tlachd aig Dia, seadh ceithir nithean nach toir toileachadh dha; casan fir, bàs an aingidh, iobairtean gun tairbhe, agus amadain :

(1) *Ann an casan fir cha ghabh mi tlachd.*—SALM cxlvii. 10.

(2) *Mar is beò mi, chan 'eil tlachd air bith agam ann am bàs an aingidh.*—ESECIEL xxxiii. 11.

(3) *Ann am fuil tharbh, agus uan, agus bhoc-ghaibhre chan 'eil mo thlachd.*—ISAIAH i. 11.

(4) *Chan 'eil tlachd aig Dia ann an amadain.*—ECCLES. v. 4.

Ciod a bha an salmadair a' ciallachadh leis an fhacal, nach 'eil tlachd aig Dia ann an casan fir? Chan urrainn mise a rádh gu bheil mi cinnteach ciod a bha e' a' ciallachadh, ach bheir mi dhuit earrann eile a dh' fhaodas solus a chur air an earrann so, am falal a thubhairt Dia ri Samuel an uair a chuir e gu tigh Iese e a dh' àngadh fear d'a mhic mar rìgh air Israel—"Na h-amhaire air a ghnùis,

no air àird a phearsa, oir chan fhaic Iehobhah mar a chi duine, oir amhaircidh duine air coslas an taobh a muigh, ach amhaircidh Dia a steach air a chridhe." (1 SAM. vi. 7).

Ach tha amharus agam gu robh tuilleadh agus so ann an inntinn an t-Salmadair, oir is e a thubhairt e, "Ann an casan fir cha ghabh e tlachd: ann an neart an eich cha bhi a thoileachas." Car son a chuir e an dà rud sin còmhla, casan fir agus neart eich? Chuir, a chionn gu robh e, theagamh, a' ciallachadh le casan fir, *saighdearan-coise*, agus le neart an eich, *saighdearan-each*; mar gu'n abradh e ri a luchd-dùthcha nach b'ann ann an cumhachd an airm a bu chòir dhaibh an earbsa a chur ach ann an ceartas. Coltach ris na rioghachdan eile a bha mu'n cuairt oirre bha Israel a' deanamh earbsa agus uaill à luathas a laochraidh agus á neart a h-eachraidh, ach tha an Salmadair ag innseadh dhi nach nach 'eil tlachd aig Dia anns na nithean sin, agus gur feàrr fàbhar agus còmhnaidh an Tighearna na uile neart a h-airm. An e *Pacifist* a bha anns an t-Salmadair roimh 'n àm?

*"Earbaidh cuid á carbadan, agus cuid á eich, ach ni sinne luaidh air ainm Iehobhah ar Dia.*

—SALM xx. 7.

\* \* \* \* \*

A thaobh iobairtean do Dhia, is e an iobairt a tha daonnan taitneach do Dhia cridhe briste an aithreachain. Tha e móran na's phasa do dhaoinne iobairt am bilean a thabhairt do Dhia na ùmhachd a chridhe, ach mur dean sinn toil an Tighearna agus mur toir sinn ùmhachd d'a reachd chan 'eil ann dhuinn ach diomhanas laoigh ar bilean a thairgsinn dha, sailm agus àrnúighean. Annas a' chùis so bha faidhean Israeil fada na bu ghlice agus na bu tuigsiche na na sagartan; thuig iad inntinn an Tighearna na b' fheàrr. Theireadh na sagartan gu robh tlachd Dhe ann an aorad; gu'm b'e an doigh cheart air fàbhar agus gean-maith Dhe a chosnadhl àrnúighean, agus iobairtean, agus tabhartasan-loisgte, a thairg-sinn dha gu riaghailteach agus gu h-òrdail, ach thubhairt na faidhean nach ann anns na nithean sin idir a bha Dia a' gabhail tlachd.

*Is feàrr ùmhachd na iobairt, agus aire a thabhairt na sàill reitheachan.*—1 SAM. xv. 22.

*Iobraibh iobairtean ionracais, agus earbaibh á Iehobhah.*—SALM. iv. 5.

*Ciod e lìonmhòrachd 'ur n-robairtean dhomhsa, deir an Tighearn . . . ; na tugaibh tabhartas dhòmhain uaibh na's mò, tha iad 'n an gràinealachd dhomh . . . ; nighibh, glanaibh, cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh ; sguribh dheanamh uilc. Fòghlumaibh maith a dheanamh ; iarraibh breitheanas ; cuiribh ceart an t-ainneartach ; cumaibh còir ris an dilleachdan ; tagraibh cùis na bantraich.—ISAIAH i. 11-17.*

Sin na nithean anns a bheil tlachd aig Dia, agus faodar a thuigsinn uapa gu bheil e uasal 'n a làndur agus ceart 'n a shlighean. Ged nach 'eil stuamachd agus caitheamh-beatha maith a' fireanachadh dhaoine am fianuis Dhe, chan 'eil an diadhaidheachd fallan no ceart as an eugmhais. "Chan e iadsan a their, A Thighearn, A Thighearn, a théid a steach do rioghachd nèimh," arsa Criod, "ach iadsan a ni toil m'Athar-sa a tha air nèamh."

\* \* \* \* \*

Chan 'eil tlachd aig Dia ann an amadain. Tha amadain agus amadain ann; amadain ghòrach agus amadain għliec; amadain gun chron, gun ghò, agus amadain a tha làn uilc, ach anns a' Bhiobull tha am facial amadan a' ciallachadh, chan e duine anns nach 'eil tùr no eanchainn gu làndurra, ach duine anns nach 'eil smod tùir no mothachaidh gu spioradail, an seòrsa dhaoine aig a bheil coguis mħaoħ a chionn gu'n d' thug iad iad fín thairis do mħaenius agus do thrusdaireachd. An iongħnadh gu'n abradh an seòrsa dhaoine sin nach 'eil Dia ann? Tha eridheachan truaillidh salach aca, is tha e eu-comasach dhaibh Dia fhaicinn no fhaireachadh, oir is e iadsan a tha glan 'n an eridhe a chi Dia.

\* \* \* \* \*

Chan 'eil tlachd aig Dia ann am bàs an aingidh. Chan 'eil, ach tha tlachd aige ann an tròcair, agus mór-thlachd 'na mhac gràdhach anns a bheil a thròcair do pheacaich air fhoill-seachadh. Cha ruigear a leas na sgriobturan a rannsachadh a dhearbhadh nach 'eil tlachd aig Dia ann am bàs an aingidh, oir ciod air bith àite a dh' fhosglas tu am Biobull tha sin cho soilleir ris a' għréin. Ach ma bu mhaith leat greimeachadh air aon fhacal a tha a' cur an géill gun cheisd rùn Dhe a thaobh nan aingidh greimich air an fhacal so—

*Tha tlachd aige ann an tròcair*

Ged labhradh neach le teangadh dhaoine agus

ainglean cha b' urrainn e labhairt mu thròcair Dhe mar bu chòir, oir tha a thròcair-san o shiøruidheachd gu siorruidheachd, chò àrd ris na nèamhan, cho domhain ris a' chuan, gun cheann gun chrioch. Ma tha neach air thalamh an diugh cho barraichte ann an aingidheachd 's gu'm faodteadh a ràdh uime gur e an duine as miosa anns an t-saogħal, bruideil agus ain-diadhaidh os cionn nan uile, tha gràdh aig Dia eadhom do'n duine sin, agus is aill leis gu'm maireadh e beò. Sin agad tròcair an Tighearna.

An uair a bha mi anns a' Chollaist an Dùn-eideann bha seann fhear-lagħa anns a' bħaile air an robh mór mheas aig na h-uile dhaoine d' am b' aithne e, duine maith agus duine diadhaidh, Iain Carment. Là a thadħall an t-Ollamh Alasdair Whyte nach maireann air, agus gnothu aige ris, an déidh dhaibh an gnothu a dheanamh, sheall Iain Carment air a' mhiniestear anns an aodann, agus thubħ-airt e ris, "A bheil idir facial agad do sheana pheacak?"

Chaidh Alasdair Whyte air mhiapadh car mionaid; cha robh fhios aige ciod a theireadħ e, oir chuir ceist an fir-lagħa iongħnadh air, seann duine a b' aithne dha mar dhuine naomh.

An uair a thàinig e thuige fħéin thàinig am facial so o Dha gu bheul, "Tha tlachd aige ann an tròcair—"; a cheart cho luath 's a bha am facial as a bheul għabbha e a chead, is dh' falħħeb.

An ceann là no dhà fhuair e litir bho Iain Carment, ag innseadh dha gu'n do laiġ dorchadas air inntiñ bho chionn greis, ach gu'n deachaidh am facial ud mar ghath gréine a steach d'a anam, agus gu'n d' fhuair e saorsa. Cha robh an solus air a thoirt air falbh bho Iain Carment riamh 'n a dhéidh sud. Cò an Dia ann a tha cosmhui liut-sa, a mħaitheas aingidheachd agus a għabbas seachad air easaċċas do slħuagh, oir ar Dia-ne cha ghleidh e a chorruich gu siorruidh, *a chionn gur toigh leis tròcair?*

\* \* \* \* \*

Na h-abradh am peacach, ma ta, gu bheil e diomhain dha tionndadh ri Dia, oir ma thionndaidheas e ri Dia għeibh Dia cothrom air rud a dheanamh anns a bheil e a' gabħail tlachd.

Is toigh le Dia toimhsean ceart; is toigh leis daoine firinneach, is toigh leis īrnu iż-żgħid dhaoine tréibhdhireach, ach os cionn nan uile nithean, is toigh leis tròcair, ann fén agus 'n a chloinn.

## Aig an Ard-sheanadh

LEIS AN URRAMACH TOMAS M. MAC CALMAIN, M.A., MINISTEAR GHLINN EILGE

BHA aobhar aig Gāidheil tlachd sònruichte bhxi aca ann an Ard-sheanadh na h-eaglaise air a' bhliadhna so, a chionn gu'm b'e ministear

Gāidhealach, an t-Ollamh Dùghall Mac Phàrlain, ministear Chinn-Għiūthsaj, a bha air a thagħadha mar Mhoderator. Chan e beagan

idir a tha de'n bharail gur e a mhàin Deasaich agus ministearan nam bailtean móra a tha araon airidh air an onoir so agus comasach air an oifig a choimhlionadh le eireachdas. Is maith, mar sin, gu'n robh againn air a' bhliadhna so Moderator a thug, tha sinn an dòchas, buille-bhàis do'n bharail neònach sin le a ghiùlan agus le bhriathran.

Bha an t-Ollamh Tormod Mac Leòid, fear de mhiniestearan Inbhir-Nis, 'n a Mhoderàtor air Eaglais na h-Alba an 1900, agus bha an t-Ollamh Seumas Curdie Russell, á Ceann Loch Cille Chiarain, 'n a Mhoderàtor an 1902, ach bho 'n àm sin gus an so cha robh ministear Gàidhealach air a thaghadh gu bhi air ceann an Ard-sheanaidh. Ged bha an t-urrann air a thoirt do 'n Ollamh Tormod Mac Gilleanainn deich bliadhna air ais, agus do'n Ollamh Lachlann Mac Gilleanainn Mac Bhàtar trì bliadhna air ais, agus ged is Gàidheil le chéile iad, chan ann mar mhiniestearan air coimhthionalan Gàidhealach is aithne do'n eaglais iad.

Is ann 'n a làn-àm, mar sin, a theann àrd-chomhairle na h-eaglaise air spéis a nochdadh do'n taobh tuath, agus thagh iad ministearan a tha ainmeil thall agus a bhos mar shearmonaiche agus mar phears-eaglais agus mar dhuine a tha duineil air sgàth leas spioradail agus aimsireil na Gàidhealtachd. Chaighd an t-Ollamh Mac Phàrlain a thaghadh a chionn gu'm b'e beachd na h-eaglaise gu'm bheil e làn-airidh air an urram, agus mar an ceudna, feadar a ràdh, a shealltaim gu'm bheil an eaglais a' cumail air chumhne nach ann a mhàin anns na bailtean móra no ann an ceann a deas na dùthcha a gheibhearr foghlum soisgeulach agus dilseachd ann an aobhar an Tigh-earna.

### Feum air Smachd

Chan e obair shoirbh a tha ann a bhi riagh-ladh deasbudson agus gnothaichean an Ard-sheanaidh gu réidh agus gu h-òrdail. Am móran dhòighean tha an t-Ard-sheanadh coltach ri Tigh na Pàrlamaid, agus an so mar an sud bitheidh cùisean air uairean a' dol thuiream-tharam, agus an uair a théid bruidhinn eas mu sheach chan 'eil e furasda rian a chumail. Gu fortanach bha cùisean am bitheantas gu siobhalta aig an Ard-sheanadh air a' bhliadhna so, agus ged nach bitheadh iad cho socrach agus a bha iad, saoilidh mi gu'n robh an t-Ollamh Mac Phàrlain air smachd a chumail a cheart cho math ri Moderator a chunnaic mi fhathast. Co dhiù, nach robh seisear de dhaoine coimhliona 'n an suidhe mu'n cuairt air a' bhòrd air a bheul-aibh, agus an t-Ollamh Iain White air an ceann, gu bhi taiceachadh a' Mhoderàtor?

Air a shon sin, tha dleasdanasan aig a' Mhoderàtor ri dheanamh anns nach urrainn

Cléirich an Ard-sheanaidh, no an t-Ollamh White, no Maighstear Uilleam Whitelaw, no creutair 'sam bith eile, cuideachadh leis, ach a mhàin gràs Dhé agus a bhuidhnean agus is iad sin na dleasdanasan a dh'fheuchas e agus a thomhaiseas e air a' mheigh. An ceann ùrnuiugh agus ann a bhi cur failte air teachdaire an righ agus air teachdairean o eaglaisean eile, agus a' labhairt facail misneachaидh ri Missionaraidhean agus ri buidhnean eile de sheirbhisich na h-eaglais dhearbh am Moderator e fhéin gu clúimhor agus thug e mór-thoileachadh do na h-uile a dh'ëisd ris.

### Cùisean Gàidhealach

O'n bha Moderator Gàidhealach air ceann an Ard-sheanaidh, bha e nàdura gu'm biodh, mar gu'm b'eadh, blas Gàidhealach air na coinneamhan gu léir. Cha robh riabh uibhir de Ghàidhlig air a labhairt ann an Tall a an t-Seanaidh, agus chualas móran mu chor spioradail agus aimsireil na Gàidhealtachd. Air an t-Sàbaid tha buill an Ard-sheanaidh daonna ag aoradh le chéile ann an eaglais mhór Dhun-éideann, agus tha ministearan air an taghadh gu bhi cuartachadh nan seirbhisean sin. Ann a' mhàduinn liubhair an t-Urramach Alasdair Mac Fhionghuin, Ph.D., ministear Chill-mo-naomhaig, searmon comasach agus brighmhor, agus air an fheasgar shearmonaich an t-Ollamh Ruaraidh Mac Leòid gu tlachdmhor, mar is maith as aithne dha, agus 'n am measg-san a chuidich leò air ceann an seirbhisean bha dithis de mhiniestearan òga na Gàidhealtachd.

Bha na Gàidheil riabh math air an fhéin-mholadh, a' dichuimhneachadh nach robh iad ach 'n an clann feirge eadhon mar chàch. Mar sin, fàgamaid taobh Ghàidhealach an Ard-sheanaidh, agus thugamaid sùil air cùisean eile.

### Litir an Righ

Leughadh litir o'n righ, mar is ábhaist, a' nochdadh a dheagh-dhùrachd do Eaglais na h-Alba agus a rùn gu bhi 'g a taiceachadh, agus thug e toileachadh mór do na h-uile gu'n do chuir a' bhan-righ teachdaireachd bhuaipe fhéin a dh'ionnsuidh an Ard-sheanaidh a chionn gur ban-Albannach i fhéin. Bha am Mòrair Kinnaid an làthair am bliadhna a rithis mar theachdaire o'n righ, agus bu mhath sin. Buinidh e do Eaglais na h-Alba, agus 'n a ghiùlan agus 'na bhriathran nochd e e fhéin mar dhuine iriosal agus creidhmeach. Latha an déidh latha dh'ëisd e le aire ris na bha dol air aghaidh, agus labhair e briathran druidh-teach nach bu chòir a leigeil air di-chuimhne.

"Feumar beatha clann nan daoine a shuidh-eachadh air bunaitean spioradail," ars' esan.

" Is e fireantachd a mhàin a dh'àrdaicheas rioghachd. Chan 'eil snas agus greadhnachas na togalaich gu feum sam bith ma tha na bunaitean suidhichte air a' ghaineamh. Chan 'eil teàruinteachd ann do neach, no do rioghachd sam bith, a mach o dhìlseachd iriosal agus seasmhach do Chriosd ar Tighearna agus d'a theagasc agus do'n t-soisgeul a tha 'g ar gairm uile mar innealan ann an làmh Dhé gu bhi stri ri bhi comh-chumadh rioghachdan an t-saoghaill so ri Rìoghachd ar Dé agus a Mhic. Tha dòchas nam bliadhnaicheadh ri teachd mar sin an earbsa ri Eaglais Chriosd, agus tha e a' comh-sheasamh anns an tomhas de chreideamh agus de ùmhachd anns an coimhlion i àithne a Tighearna."

Aig an Ard-sheanadh chuala sinn iomradh air rud no dhà a thug dhachaidh d' ar n-ionnsuidh cho freagarrach agus a bha briathran a' Mhòrair Kinnaid mu chor an t-saoghaill. Tha dùthchannan ann an diugh far am bheil oidhirpean air an deanamh mar nach robh iad riamh air an Stàit a chur air thoiseach air Dia mar chuspair-aoraidh agus sheirbhis. Tha geur-leanmuinn agus masladh 'g a fhulang an diugh air sgàth Chriosd, agus tha creidmhich an diugh ann an ceàrnán de'n t-saoghal a' dol a chum priosain, agus faodaidh e bhith a chum bàis air son an dilseachd do'n t-soisgeul.

### Obair na h-eaglais

Bha e riamh fior gur e fuil nam mairtireach siol na h-eaglaise. Chuala sinn aig an Ard-sheanadh mu bheothachadh spioradail a tha air a mhothachadh eadhon anns na h-àitean sin far am bheil e cunnartach do neach a bhi 'g iarraidh air tùs Rìoghachd Dhé agus fhireantachd-san. Tha e 'n a aobhar-gàirdeachais gu'm bheil na cinnich an dùthchannan céin a' toirt comh-fhreagrachd an diugh do naidh-eachd slainteal an t-soisgeil mar nach robh iad riamh, ach tha e 'n a chùis-nàire gu'm bheil sinne a dh'altrumadh an dùthaich shoisgeulach cho mall agus cho coma ann a bhi toirt cothroim dhoibh sin a bhi air an cruinneachadh a steach do'n chrò.

Tha a nis suas ri sia bliadhna bho 'n thòisich lughdachadh anns an airgiot a tha an eaglais agamaine a' tional air son craobh-sgoileadh an t-soisgeil an dùthchannan céin. Tha an Committee ris am bheil an obair so an earbsa ann am fiachan troma, agus sin a chionn spilocair-eachd móran de choimhthionalan nach 'eil a' cuideachadh leis an aobhar mar a dh' fhaodadh iad. Saoilidh gach neach nach fhiach am beagan cuideachaidh as urrainn dhà-san a dheanamh, ach thugamaid fainear rud air an do smuainich móran agamaine cheana agus a chaidh a chur am briathran dhùinn aig an Ard-sheanadh leis an Ollamh Lachlann

Mac Gilleathain Mac Bhàtar. Ceannaichidh tu le aon sgillinn gach latha paipear-naigh-eachd nach tabhair ach mu uair a shìde de leughadh dhuit, agus cosdaidh tu an sgillinn sin gun mhòran smuain. Ach na'n tugadh gach neach a tha ceangailte ri Eaglais na h-Alba seachad mar thabhartas aon sgillinn a bharrachd's an t-seachduin na tha e cleachdadh a thoirt, bheireadh sin ann an aon bhliadhna ceithir cheud mile punnd Sasunnach (£400,000) a bharrachd de thighinn-a-stigh do'n eaglais, agus bhiodh an àd chuid na fiachan móra a tha 'g a cudhromachadh a nis air am pàigheadh gu h-iomlan agus ceàrnán ùra air an toirt fo eisdeachd na firinn.

### Aig an tigh

Thubhairt Dean Inge uair-eigin nach ruig neach a leas dol do Africa a dh' fhaotainn an duine bhorb, oir gheibhear e aig ar dorsan. Tha daoine gun Dia agus gun dochas—àireamh mór diubh—"n ar measg fhéin an Alba, agus tha an eaglais a' stri ri an ruigheachd air gach dòigh a tha diligeach. Tha an t-Abstol Pol ag radh, "Bha mi's an uile chruth do na h-uile, chum air gach uile dhòigh gu'n saorainn cuid-eigin" (1 Cor. ix. 22). Feumaidh an eaglais a bhi mar bha Pol, a' coinn-eachadh ris gach seòrsa air an grunnd féin, 'g a deanamh féin 'n a seirbhiseach do na h-uile chum gu'n coisinn i an tuilleadh, eadhon a' dol a mach gus na rathaidibh móra agus na gàraidhibh chum an co-eigneachadh gu bhi deanamh an roghainn mhòr—"Cia fhad a bhitheas sibh 's an ionadh-mhonhaille eadar dha bharail? Ma's e an Tighearna as Dia ann leanaibh e, ach ma's e Baal leanaibh esan."

Chuala sinn mu na h-oidhirpean móra a tha an eaglais a' deanamh anns na bailtean mora agus air an dùthaich a Shàbaid agus a sheachduin chum slainte an t-soisgeil 'na uile lànachd agus éifeachd a chàradh ris a' mhòr-shluagh. Tha móran de eaglaisean ùra 'g an togail am measg nan tighean ùra a tha air sgoaileadh mu'n cuairt air na bailtean móra.

### Urachadh spioraid

Bha móran eile ri fhaicinn agus ri chluinntinn aig an Ard-sheanadh, ach o'n a bha iomradh air a dheanamh air a' chuid bu mhotha dhiubh anns na paipearan cha ruigeair a leas dad a radh mu'n déidhinn an so. Ach feumar so a ràdh. Is e togail mhòr spioradail a tha ann a bhi an làthair aig coinneamhan an Ard-sheanaidh. Ged nach bitheadh de bheannachd 'n a chois ach an t-ùrachadh spioraid agus am fosgladh-inntinn a bheir e do neach—coma có e no i, ministear no eildeir no bean—b' fhiach an t-Ard-sheanadh bhi air a chumail suas. Ach tha barrachd feum na sin ann.

Tha e a' foillseachadh farsuingeachd agus lionmhorachd oibre na h-eaglaise, agus sin uile air a stéidheachadh air an t-saothair dhileas a tha dol air adhart o latha gu latha

anns na coimhthionalan. Is ann mar so a thogar ballaichean Ierusalem—gach aon a' càradh a' chuid de'n bhalla a tha fa chomhair a thighe féin.

## Anns a' Chathair

**B**HA muinnir Eachainn Choinnich mór dhiubh fhéin co dhiu ach chaidh iad thar na cailce gu buileach an là a bha Iain air a thiadh-lacadh.

Cha robh ann an Iain ach diù nam fear; droch duine nach do rinn maith dha féin no do neach eile riagh, agus a ghoirraich a bheatha le òl agus ruindtearachd. Ged nach robh e ach deich bliadhna fishead an uair a shiubhail e bha ceathrar de chloinn dhìolain aige, rud a dh' aobharaich bròn agus briseadh-cridhe do mhóran dhaoine agus do mhóran theaghlaichean uile làithean am beatha. Cha robh ni air an t-saoghal a' tighinn foidhe ach deoch agus a thoil-intinn fhéin; cha tug e riagh bonn-a-sia do Dhiu no do dhuine; do'n eaglais no do'n bhochd; bha a choasnadh uile a' dol a shàsachadh ana-mianna fhéin. Fior thrusdar ain-diadhaidh, a bha cho drabasta 'n a theangaidh 's a bha e salach 'n a chridhe, gun aon nì maith ann ach a mhàin gu robh fuasgladh-facail aige, agus gu rachadh aige air gàire a thoirt air na companaich a bhiodh ag òl còmhla ris.

Bha a' chaitheamh dùthchasach dha co dhiu, is chuir e gaiseadh ann fhéin leis na daoraichean a bhitheadh e a' gabhlair anns an Oban, agus ann an Grianaig, agus anns na h-àitean eile far am bitheadh na bàtaichean air am robh e 'n a làimh a' tadhall. Oidhche fhuar gheamhraidh a chaidil e fo thoseaid air ceidhe Ghrianaig, agus an daorach air, fhuair e a leithid de mheileachadh 's gu'n tàinig e gu *pleurisy*.

Bha e ann an ospidal trì miosan, agus an sin thugadh dhachaidh e do Chille-sgumain, far an robh e eadar an teine agus an leaba trì miosan eile gus an do chaochail e.

### Air iompachadh

Bhitheadh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., agus am ministear Baisteach a' dol 'g a amharc gu tric, a' leughadh agus ag urningh còmhla ris. Feasgar a bha am ministear Baisteach ag urningh còmhla ris ghlaodh Iain Eachainn Choinnich, m' an do sguir am ministear a dh' urningh, gu robh e a' faicinn Chriosd m'a choinneamh air a' chrann-cheusaidh cho soilleir 's ged b' ann air an taobh eile de'n t-seòmar a bha e, agus gu robh e 'g a fhàireachduin fhéin cho aotrum agus cho sona 's gu robh e cinnteach gu robh a pheacaidhean air an dubhadh as gu siorruidh, agus gu robh e air iompachadh.

Rinn am ministear Baisteach gàirdeachas, a' cluinninn a' ghille ag aideachadh gu robh e air a spionadh mar aithinne as an teine agus air a shaoradh tre ghràs an Tighearn Iosa Criosd. Ged bha e 'n a dhuine eudmhor, soisgeulach, bha e toilichte gur e e-fhéin agus nach e Niall Mac Phàrlain a bha ag urningh còmhla ri Iain Eachainn Choinnich an uair a bha e air iompachadh, agus an oidhche ud chaidh e dhachaidh agus aotrumas 'n a cheum agus 'na chridhe, a' cuimhneachadh air na briathran so, "Dealraichidh iadsan a thionndaidheas móran gu fireantachd mar na risultan gu saoghal nan saoghal."

Chaidh an naidheachd air feadh Chille-sgumain ann an cèithir-uaire-fichead gu robh Iain Eachainn Choinnich air iompachadh. Bha a h-uile duine toilichte an sgeul mhaith sin a chluinninn, agus fhios aca gu robh am bàs am bun a thinncis. Ged nach bu toigh leò an duine idir chaidh sin uile as an t-scalladh a nis, oir bha iad a' sealltuinn air mar neach anns an robh cumhachd agus glòr Dhe air am foillseachadh, agus a bha mar sin air a dheanamh 'n a shoiteach taghta agus naomh ris nach bu chòir beantuinn.

### Duine bruidhneach

Co dhiu b'e na bha de dhaoine a dol 'ga fhaicinn a chuir at 'n a cheann, no co dhiu b'e gnè an teaghlaich d' am buineadh e a thòisich air tighinn am follais, chan 'eil fhios agam, ach ann a' ùine ghoirid an déidh dha a bhi air iompachadh cha b' ann idir mar aithreachan iriosal agus diùid, a theab a bhi air a chall, ach a bha air a shaoradh mar tre theine, a labhradh Iain ris an fheadhainn a rachadh 'g a fhaicinn, ach mar shearmonaiche air nach robh eagal no amharus d'a thaobh fhéin, agus nach robh fiata no nàrach an làthair dhaoine coire a bha leantuin Chriosd m' an do rugadh e.

Dh' innseadh e do'n h-uile duine a rachadh a steach 'g a fhaicinn mu'n t-sealladh a chunnaic e air Criosd air a' churrann-cheusaidh, agus mu na faireachduinean sona agus iongantach a thàinig 'n a chridhe am feasgar a bha e air iompachadh, agus dh' innseadh e dhaibh cuid-eachd nach robh buaireadh no peacadh air bith a' cur dragh air, no eagal air roimh 'n bhàs bho'n là a fhuair e sealladh air Criosd, agus a chual e Criosd ag ràdh ris, "An diugh bithidh tu maille rium-sa ann am Pàras."

### Dubh-fhacail an fhoirbhich

Bha so uile a' cordadh gu gasda ri mhàthair agus ris an teaghlaich, agus ri feedhainn eile a bhithheadh a' dol 'g a fhaicinn, ach bha iarmad de dhaoine glic agus diadhaidh ann an Cille-sgumain a dh' fhàsadhl gu maith tioram agus sàmhach an uair a thòisicheadh Iain Eachainn Choinnich air an teagast agus air labhairt riù mu na faireachduinean sólasach a bha 'na chridhe agus am fadal a bha air gus am biodh e maille ri Criod. Bha e a' labhairt anns an dòigh so oidhche a chaidh Seumas Mac an Rothaich, seann fhoirbeach diadhaidh de'n Eaglais Shaoir 'ga fhaicinn, ach ann am meadhon an t-seanchais, thòisich Seumas air bruidhinn ris fhéin, an éisdeachd an tighe uile, mu righ-chathair mhór gheal, air an robh Neach 'n a shuidhe aig an do theich nèamh agus talamh o ghnùis, agus mu leabhraichean a bhithheadh air am fosgladh chum breith a bhi air a thoirt air na mairbh as na nithibh a bha sgriobhta anns na leabhraichean, a réir an gniomharan. Lean e air fad chòig mionaidean a' bruidhinn ris fhéin, ann an dubh-fhacail, ann an cosmhàchdan, agus ann an cainnt a' Bhiobuill, mu'n fhirean Lot a bha fo champar le caithe-beatha neòghlan nan aingidh, mu'n sgolb a bha aig Pol 'n a fheòil air eagal gu'n deanadh e uaill, agus mu'n Uan a bha 'n a sheasamh air sliabh Shioin agus maille ris ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle air an robh ainn Athar-san air a sgriobhadh air clàr an aodainn, a' seinn an òrain nuaidh an làthair na righ-chathrach, òran nach b' urrainn neach air bith a sheinn ach *an dream nach do shalaicheadh le mnathan.*

### An tiodhlacadh

An uair a shiubhail Iain Eachainn Choinnich rinneadh tòrradh mór dha; bha e air a thiodh-lacadh le moladh nach d'fhuair na naoimh no na martaraich. Leig am ministear Baisteach ruith d'a theangaidh gu buileach, ag innseadh do Dhia mu'n chreideamh shoilleir agus làdir a bha aig an fhear a bha iad a' tiodhlacadh; ag innseadh dha cuideachd gu'm biodh e 'na choinnlear dealrach ann an nèamh, agus ag iarraidh air an gràs-saoraidh a dh' oibrich cho comharrachte ann an Iain a dhòrtadh orra uile chum 's gu'm bitheadh iad cho ullaichte air son a bhàis 's a bha esan. Mhol e a mhàthair, agus athair, agus an teaghlaich uile, anns an urning; dh' innis e do Dhia mu'n chomh-fhurtachd agus mu'n aire a fhuair e an àm a thinneis, agus thug e buidheachas dha gu robh leaba-bhàis Iain 'n a meadhon-gràis do mhóran.

Chòrd so gu gasda ri cuiid, ach bha cuiid eile leis an robh e glé chiar, agus a bha seachd sgith de'n urning fada m'an do sgur am ministear.

### An tiomnad

Seachduin m' an do shiubhail e rinn Iain Eachainn Choinnich tiomnad, tiomnad as an

robh a mhàthair cho mór 's gu'n tug i air an Urranach Niall Mac Phàrlain, B.D., a leughadh air là an tiodhlacaidh an làthair an t-slaugh. Thubhairt i ris an teaghlaich roimh làimh gur aon air ministear na sgìreachd a dh' iarradh iad an tiomnad a leughadh a chionn gu robh ministearan-sgìre suas ris an obair sin ged nach robh iad maith air na mairbh a mholadh. An uair a chunnaic Niall Mac Phàrlain ciod a bha anns an tiomnad bha cho maith leis dleasdanas eile a ghabhail os làimh, ach air eagal bean Eachainn a ghoirteachadh air là an tiodhlacaidh rinn e mar a dh' iarradh air, is leugh e an tiomnad. B'e so tiomnad Iain Eachainn Choinnich, tiomnad a chuir a mhàthair an clòdh, ann an litrichean móra riomhach, agus a tha nis an crochadh ann an freum air balla an t-scòmair :

*"Airgiot no òr chan 'eil agam ri fhàgail, ach tha mi a' fágail mo bheannachd aig a h-uile duine an Cille-sgumain, agus a' guidhe oirbh mo choinn-eachadh ann an nèamh."*

An sin thubhairt am ministear Baisteach gu'n seinneadh iad laoidh, *An Dachaidh Bhuan*, ach m' an do sheinneadh an laoidh, thubhairt e riu gu'n d' fhuair iad dileab luachmhor anns na briathran sòluimte a labhair an gille grinn riu o bhrúach na h-uaighe, agus gu robh e an dòchas nach ann ann am peanas búan a bhitheadh an cuibhriòn aca ach maille ri Iain Eachainn Choinnich ann an glòir.

Cuid a sheinn an laoidh, agus euid nach do sheinn; thusg na chual iad bhuapa an anail agus an cainnt. Fad na h-uine a bha *An Dachaidh Bhuan* 'g a seinn bha Seumas Mac an Rothaich a' sealftuinn air an speur mar gu'm biodh e a' feuchainn ri dheanamh a mach co dhiu a bha e a' faicinn iolair no giadh-glas eadar e's a' ghrian.

\* \* \* \* \*

An t-seachduin ud fhéin, anns a' cheart chladh, bha seana bhoirionnach air a tiodhlacadh gun straighlich, gun mholadh, agus gun *An Dachaidh Bhuan* a bhi air a seinn; Mairi Nic Leòid, seamhair fear de na páisdean dilain leis an do mheudaich Iain Eachainn Choinnich àmhghar agus bròn an t-saoghal.

Bha Mairi Nic Leòid 'n a boirionnach cho ciùin agus cho faidhidinneach 's a bha riamh 's an t-saoghal, ach bha feum aice air a bhi faidhidinneach, oir fad uile làithean a beathas bha trioblaid an déidh trioblaid, agus call an déidh calla, a' tighinn oirre, mar gu'n dichuimhnicheadh Dia a' ghaoth gharbh a chasd ann an là na gaoithe an ear. Dh' fhàgadh i'n a bantraithe le ochdnar chloinne gu maith òg; shiubhail a teaghlaich aon as déidh aoin, gus mu dheireadh an robh i air a fágail, lom a dhaoine agus lom a chuid, le aon ghille a bha aig an nighinn a b' òige, caileag laghach dheusanta

a bha air a cur air seachran leis an trusdar gun choguis Iain Eachainn Choinnich. Cha d' fhuair a' chaileag riamh os ciom na thachair dhi; edar a näire, agus briseadh-cridhe, agus nach robh i làidir co dhiu, shiubhail i m' an robh am páisde ach bliadhna. Thog a sheanmhair an gille, is bha e dhi mar chlach a sùla, ach an uair a bha e deich bliadhna, bha e air a bhàthadh mu choinneamh a sùl ann an geodha anns an deachaidh e air snàmh.

### An cupan làn

Cha robh Mairi Nic Leòid i fhéin làidir, ach cha bhithheadh i a' gearan. 'Na seann aois thàinig lòinidh agus siataig oirre, is bhithheadh cramp cho dona a' tighinn 'n a casan anns an oidhche's nach b' urrainn i fantuinn anns an leabaidh. Dh' fhàs i dall, agus mu dheireadh thall, thòisich cancer anns a' chich-shlugain aice, air chor agus nach robh i uair no mionaid de'n là gun phian. Ach am measg nan uile trioblaidean a thàinig oirre cha do chaill i riagh a ciuine no a faidhidinn, no a h-earbsa ann an Dia. Bha i 'n a boirionnach beusach gaolach; iriosal 'n a cainnt, agus 'n a giùlan, agus 'n a smuaintean; iriosal agus macanta am fianuis dhaoine, ach iriosal gu sònruichte an làthair Dhe, agus a thaobh a dòchais ris a' bheatha mhaireannaich.

Aig a' cheart àm anns an robh an sglèapaire ud, Iain Eachainn Choinnich, a' bòilich mu'n ghloir a bha feitheamh air aig deas-làimh Chriosd, na'n abradh tu ri Mairi Nic Leòid gu robh ionad-còmhnuidh maiseach a' feitheamh oirre ann an tigh a h-Athar, theireadh i riut, agus theireadh i e cho treibhdhireach ri aingeal naomh, Och, Och, a ghaoil, nach bu leòr d'am leithid-sa cùil bheag far nach bithinn uile gu léir air mo dhùnadha a mach bho làthaireachd an Rìgh!

### Fèath an déidh stoirmé

Mios m'an do "shimbhail i dh' fhuling Mairi Nic Leòid pian mór, is bha na coimhlearsnaich,

a bha uile gaolach oirre, toilichte an uair a thàinig am bàs a thoirt fois d'a corp bochd.

Is e an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., a rinn an t-seirbhis aig an tigh agus anns a' chladh air là an tiodhlacaidh. An déidh dha an t-salm so a leughadh,

Ghlaodh iad ri Dia 'n an teinn, is shaor  
e iad o'n trioblaid ghéir,  
Ghrad-chuireadh leis an stoirm gu fèath  
's na tuinn 'n an tàmh gu léir.

An sin tha iad ro ait, air son  
gu bheil iad sàmhach bed,  
'S gun d'thug e iad do'n chala sin  
's do'n phort bu mhiannach led.

rinn e ùrnuigh, agus ged nach dubhaint e a' bheag mu Mhairi thug e buidheachas do Dhia air son na faidhidinn a thug e dhi am measg trioblaidean a beatha, agus buidheachas air son dòchas na beatha maireannaich.

\* \* \* \* \*

Air an ath Shàbaid rinn am ministear Bais-teach searmón mór fada mu bhàs Iain Eachainn Choinnich, agus mu chumhachd gráis, a' bruidhinn air iompachadh agus air soilleireachd a chreidimh mar gu'm bitheadh e a' bruidhinn mu'n abstol Pol, ach cha robh ionradh aige air Mairi Nic Leòid, no air cumhachd a ghráis a chùm i o'n chlàbar anns an do thuit Iain gu ruige an amhach, agus a chuidich leatha tighinn bedò gu seann aois gu h-iriosal, agus gu diadhaidh, agus gu faidhidinneach.

Air feasgar na Sàbaid chaidh dà fhichead agus a dhà dheug duine (daoine òga) do'n chladh a dh' fhaicinn uaigh Iain Eachainn Choinnich, agus gun aobhar aca air a shon ach gu'n do rinn e tiomadh neònach agus gu'n robh daoine a' bruidhinn uime.

Ciod is fhearr daoine na na caoraich, no ma thoilicheas tu, na na gobhair?

## Obair dhìomhain

"Air dha toil a bhi aige e fèin fhìreanachadh."—LUCAS, x. 29.

**M**A dh' fheòraicheas tu de dhuine nach 'eil a' coimhead na Sàbaid, no nach 'eil a' dol do'n eaglais, car son nach 'eil e a' deanamh sin, is dòcha gu'n abair e riut "gu bheil e a cheart cho maith ris an fheadhainn a tha." Sin an dòigh anns am fireanaich e e-fhéin.

Ciod an fhreagairt cheart do dhuine de'n t-seòrsa sin? Ma dh' aontaicheas tu leis (am bithasant tha dùil aige gu'n dean thu sin), agus ma their thu gu bheil fhios agad gu bheil e 'n a dhuine maith, theagamh nach deanadh sin ach fhéin-spéis a shéideadh suas na bu mhiosa.

Agus ma their thu nach 'eil thu a' creidsinn gu bheil e cho maith 's a tha e an dùil, no gu bheil e coltach ris na Pharasach, chuireadh sin an fhearg air, agus bhithheadh an gnothuch na bu mhiosa air fad.

Facal air bith a chuireas fearg air do bhràthair chan 'eil e glic dhuit am facal sin a labhairt, eadlion ged bhithheadh e fior, oir chan eisid duine feargach ri teagastg no ri comhairle.

Is e an fhìrinn nach 'eil e furasda a ràdh ciamar is coir dhuit duine aig a bheil toil e fhéin fhìreanachadh a fhreagairt.

Ma bhithheadh e ceàrr dhuit aontachadh leis

bhitheadh e a cheart cho ceàrr dhuit dol ann an argumaid ris.

Mar sin is fheàrr dhuit a bhi 'n ad thosd ; gun dad idir a ràdh, agus a' chùis fhàgail eadar e fhéin agus a choguis, *oir chan fheuch-*

*adh duine ri e fhéin fhìreanachadh idir mur bhitheadh a choguis 'g a bhioradh.*

Agus is e a choguis fhéin agus an Spiorad Naomh an dà chumhachd a ni obair spioradail ann an cridhe duine.

## Aig an

### Comharraidhean na h-aimsir

IS gasda an rud suairceas agus bràithreachas eadar coimhearsnaich agus eadar eaglaisean, oir buinidh suairceas agus bràithreachas do'n diadhaidheachd a cheart cho cinnteach ri eud air son na Firinn no na Sàbaid.

Chaidh Moderator na h-Eaglaise againne a null am bliadhna gu Seanadh na h-Eaglaise Saoire, a thoirt a bheannachd féin agus beannachd a bhràithrean dhaibh. An uair a chaidh e a steach dh' éirich an Seanadh uile 'n an seasamh, is chuir an t-Ollamh Dòmhnull Mac Gilleanach, ceann-suidhe an t-Seanaidh, failt air ann an Gàidhlig. An sin bhruidhinn an t-Ollamh Dùghall Mac Phàrlain mionaid no dhà mu'n obair a tha an dà eaglais a' deanamh anns a' Ghàidhealtachd, taobh ri taobh, agus mu'n atharrachadh a thàinig air an t-saoghal bho bha iad le cheile 'n am balaich. "Ach ma thàinig atharrachadh air an t-saoghal agus air dòighean dhaoine," ars' esan, "cha tàinig atharrachadh air na firinnean móra air a bheil an dà eaglais a' seasamh, agus a tha iad a' teagast le tighdarras an Fhacail Shiorruidh."

Fhreagair Moderator na h-Eaglaise Saoire ann am briathran a bha glic agus ciùin agus air an deagh thaghadh ; thug e taing do'n Ollamh Mac Phàrlain air son tadhall orra, is dh' iarr e air a bheannachd a thoirt do na bràithrean ann an Eaglais na h-Alba, agus innseadh dhaibh gu robh an Eaglais Shaor daonnaan deas gu bhi a' comh-oibreachadh maille riù, cho fad's nach cuireadh sin grabadh oirre a thaobh na fianuis shònruichte a tha i a' togail an Albainn ; fianuis a bheannaich Dia anns na làithean a dh' fhàladh, agus a tha an Eaglais Shaor a' feuchainn ri chumail beò an diugh le còmhnaidh an Spioraid Naoimh. "Tha e ionchuidh," ars' esan, "gu'n nochdamaid do'n t-saoghal gur bràithrean a tha anns na h-uile dhaoine a tha creidsinn ann an Iosa Criod mar an Tighearn agus an Slànuighear."

Mar a thubhairt mi cheana, is gasda an rud suairceas agus bràithreachas eadar coimhearsnaich agus eadar eaglaisean. Chan 'eil anns an diadhaidheachd nach 'eil blàth agus bràithreil agus uasal ach an t-ainm gun an tairbhe.

### A Thighearn, na ceil do shoillse oirnn

Sin an tiotal a chuir am Moderator os cionn na h-òraid ghasda a thug e seachad an uair a

## Uinneig

bha e a' dùnadh an Ard Sheanaidh, briathran a b' àbhaist dha a bhi cluaintinn ann an urninghean athar. Tha feum aig an t-saoghal an diugh air an t-solus a tha o shuas ; tha feum aig an eaglais air buanachadh ann an urningh gu'n leigeadh Dia a sholus agus fhìrinn a mach.

Tha an òraid so a nis an clòdh ; air a cur a mach le Uilleam Blackwood & a Mhic, an Dùnéideann. Tha am Moderator a' tighinn thairis air iomadh rud anns an òraid, aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhealtachd ; dùsgaidhean a bha innte anns na seann làithean, daoine a chum lòchran na Firinn laiste innte, na meadhonan leis an robh òigradh na Gàidhealtachd air an teagast anns na sgoilean, agus móran nithean eile mar sin. Ach is e an fhìrinn nach gabh òraid de'n t-seòrsa so a bhi air a' tuigseann gu ceart mur leugh duine i air aithis fhéin ; rud a bu chòir do'n h-uile duine aig a bheil uigh ann an obair na h-eaglais a dheanamh, oir chan 'eil i a' cosd ach sia sgillinn.

Air taobh-duilleig 6 tha e ag ràdh gu robh àireamh nan daoine a tha a' bruidhinn Gàidhlig an Albainn 53,918 na's lugha ann an 1931 na bha iad fishead bliadhna roimh sin. A bheil so ceart ? Ma tha, is rud muladach e ; cha do shaoil mi gu robh a' chùis cho dona.

### An Seanadh agus na Pacifists

Tha fhios aig ar luchd-leughaidh gu bheil na *Pacifists* a' feuchainn o chionn bhliadh-nachan ris an eaglais iompachadh gu am beachd féin, nach 'eil e ceart do aon de luchd-leanmuinn Chriosd cuid no pàirt a bhi aige ann an cogadh, ciod air bith suisidheachadh anns a bheil an cogadh ag éirigh, no ciod air bith as aobhar dha.

Cheangail Seanadh na h-eaglais Shaor Aonaichte an eaglais aca fhéin ris a' bheachd sin, ach tha Eaglais na h-Alba na's glice, agus dh' fhàg i a' chùis far an coir e bhi air fhàgail, eadar Dia agus coguis gach duine.

So mar a shuidhich an Seanadh a' chùis, 'Tha an Seanadh de'n bheachd gur e aon de cheud dhleasdanasan Chriosduidhean uile feuchainn ri cogadh a chur as, ach do bhrigh nach urrainnear a' cheist so fhuasgladh le briathran no le teagast Chriosd (a chionn nach do bhean e rithe idir), tha an Seanadh a' cur an eáill gur ceist i air am faod eadar-dhealachadh beachd a bhi aig muinntir na h-eaglais, gun aobhar a bhi aig an dara feadhainn a ràdh gu bheil iadsan na's dìlse do theagast Chriosd na 'n fheadhainn eile.'



## An Fhuaim Aoibhneach

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUIN, B.D., PH.D., AN CILL-MO-NAOMHAIG

(Bha an searmon so air a liubhaint air beulaibh Fear-ionaid an Righ agus maithean an Ardsheanaidh, anns an Eaglais Ard, an Dùn-éideann, an t-Sàbaid a bha an Seanadh cruinn.)

*"Is beannaichte an sluagh d'an aithne an fhuaim aoibhneach : imichidh iad, a Thighearn, ann an solus do ghnùise ; ann ad ainm-sa ni iad gàirdeachas air feadh an là : agus ann ad fhàreantachd àrdaichear iad."*

—SALM LXXXIX, 15-16.

THA e air aithris gu'n robh e 'na chleachdadhaig sluagh Israeil a bhi a' coimhead làitheanfeàil, anns am bittheadh iad ag ùrachadh an cuimhne air toiseach an eachdraidh, agus air an t-saorsa a dh'oibrich Dia d'an athraichean. Aig na h-amanna sin bhiththeadh dùdaichean g'an séideadh feadh nam bailtean agus na dùthcha gu léir. Mar an ceudna, bhiththeadh aoradh Dhe, leis an robh gach féil a' toiseachadh, 'ga phosgladh le iollach thrompaidean. Tha e glé choltach gu'm b'e sud an fhuaim aoibhneach a bha air aire an t-Salmadair.

Do na h-uile a chluinneadh i, bha an fhuaim ud tachdmhor ; oir nach robh i g' an gairm o shaothair gu féill ? Ach bha i beannaichte a mhàin dhoibh-san a bha 'g a tuigsinn ; 'se sin, a bha mothachail air gràs Dhe dhoibh mar shluagh, 'g an taghadh, 'g an saoradh o fhòir-neart na h-Eiphit, 'g an trèorachadh tre an fhàsaich chlaoidh-tich, 'g an dion o'n naimhdibh, agus 'g an suidheachadh ann an Tir-a-Gheallaidh. Bu bheannaichte an sluagh a bha a' cluinnitinn so uile ann am fuaim dhùdach agus thròmpaidean ; oir cha b'e a mhàin gu'n do thachair a leithid dhoibh mar shluagh ; ach bha sin uile 'na stéidh dòchais agus mar ghealladh air beannachadh Dhe dhoibh anns an tim ri teachd ; oir tha maiteas Dhe neo-chaochlaideach. Mairidh fhìrin agus a thròcair o linn gu linn.

## Trí beannachdan móra

Tha an Salmadair a' cur f'ar comhair an so tri beannachdan móra agus priseil a bhuineas dhoibh-san uile a tha a' tuigsinn na fuaim aoibhneach ; 'se sin, an t-saorsa a tha Dia comasach air a bhi ag oibreachadh 'n a shluagh. Chan 'eil e a' labhairt an so mu dhleasdanas dhaoine, no mu lagh, no mu phrionnspal a dh' fheumas am beatha a riaghladh, ged nach 'eil sin ri dhearmad. Is ann air an àrd shochairean a mhàin a tha e a' deanamh luaidh aig an àm ; sochairean as eugmhais nach bi slàinte 'n an spioradan no móran iarrtuis no neart annta gu beatha dhleasnach féin a chomh-lionadh.

Seallamaid air na trí beannachdan ciatach a

tha fuaim aoibhneach soisgeil Dhe a' seirm dhuinn a réir an t-Salmadair ; oir buinidh iad do'n t-soisgeul a réir gach searmonaiche a tha 'g a thuigisinn ; agus do shluagh an Tighearna anns gach linn.

1. A' cheud bheannachd : *tha iad a' faighinn cursa shoilleir air son am beatha.* "Imichidh iad a Thighearn, ann an solus do ghnùise."

Aig cùl-thaobh intinn an t-Salmadair, bha e a' faicinn Israeil, gun chûrsa beatha romhpa idir, ach 'n an tràillean anns an Eiphit, 'g an claoïdh le saothair chruaidh, 'g an ciùrradh le fòirneart, air an cuartachadh le balla de shaighdearan ; gach latha coltach ri chéile am measg nan clachan-creadha, ach gu'm bittheadh corra latha na bu sheirbhe dhoibh na làithean eile ; agus an déidh na truaighe so uile, am bàs. Tha daorsa daonnan a' toirt a chridhe á mac an duine ; agus ged a roghainniches e a fulang seach bàsachadh, oir tha dealradh na gréine priseil eadhon do'n tràill, chan 'eil ann ach creutair truagh, le uile bhuidhean spioradail fo sprochd. Amhuil sin, tha saorsa, mar anail Dhè, a' beothachadh uile chomasan duine ; agus ged a dh' fhaodas e a mi-bhuleachadh, tha i cho feumail dha is gur deòiridh e as a h-eugmhais.

## Là na Saorsa

Ach bluris latha saorsa air Israel anns an Eiphit. Chualas fuaim aoibhneach ann an dailtean an fhòirneirt, gu'n robh Dia a' dol 'g an teasairginn. Dh' phosgladh bealach iongan-tach romhpa ; agus an déidh a' bhealaich, slighe anns an imicheadh iad ann an solus ghnùise Dhe. A dh' aindeoين gach dragha a dh' fhuiling iad agus gach gearain a rinn iad anns an fhàsach, cha do thill Israel do'n Eiphit ; oir bhlaids iad air fion beò na saorsa. Fhuair iad cursa agus ceann-uidhe air son am beatha, agus gairm d'an anamaibh. Chruth - atharraicheadh iad mar shluagh : dh' éirich iad 'n an spioradan a' dh'imeachd ann an solus ghnùise an Tighearna. Tha an eachdraidh so uile, saoilidh mi, air cùl-thaobh briathran an t-Salmadair.

Ach tha gnothuch nach beag aige so uile ruinn féin. Tha feum diomhair, domhain ann an cridhe gach duine, daor no saor 'g am bheil e, air a bhi a' faicinn cursa roimhe anns an imich e ann an onair, a' cleachadh a chomasan inn-tinn, agus a' scalbhachadh tomhais de chothrom. Cho luath is a tha clann a' tighinn dlùth air a bhi a' fàgail na sgoile, is i so an dearbh cheist a tha ag iomairt araon 'n an inntinnean féin, agus ann an inntinnean am párrantan—dé an cursa beatha a tha dol a bhi aca. Bithidh iad fo iomaguin agus imcheist agus ann an sgàile, cho fad is nach léir dhoibh slighe anns an imich iad, a' cosnadh an lòin agus a' buileachadh an comas an gu cothromach. Air an làimh eile, cho luath is a dh' fhósgaileas bealach romhpa, is a chì iad ceann-toisich na slighe anns am faigh iad an cothrom air am bheil iad an geall, tha iad sona ; thàinig solus thuca a mach á meadhon an dorchadair ; agus a nis, théid iad air an aghaidh ann an spiorad togarrach, déònach, dochasach. Tha gach comas a bhulicheadh orra air a bheothachadh annta ; agus ged a dh' fhaodas iad a bhi fo chûram a thaobh na dh' fheumas iad ionnsachadh agus fhiosrachadh mu'm biiad comhlionta aig an gnothuch, togaidh iad orra mar gu'm biodh iad a' dol gu banais. Is mór a' bhuaidh a tha aig slighe fhosgailte air spiorad an duine.

A rithis, tha fhios againn uile gu bheil daoine a' call an càile de 'm beatha an uair nach léir dhoibh na's mó rathad anns an gluais iad, aig cosnadh, no ann an dreuchd, no aig seirbhis air choireigin anns am bheil fiach dhoibh féin no do dhaoine eile. Fàsaidh an suidheachadh so cho trom air cuid is gu'm b' fheàrr leò gu'n tigeadh am bàs orra, agus bithidh feadhainn dhiubh a' greasadh na criche ; tha iad cho sgith de bheatha aig nach 'eil cursa na's mó.

### Braigheanas Spioradail

Ach chan e fòirneart mar a bha a' teamnachadh Israel anns an Eiphit, no crannchur dùinte a mhàin a chuireas á sealladh dhaoine an t-slighe air son an d'òrduicheadh iad, agus a spùinneas uatha an dòchas. Tha so a' tachairt dhoibh-san uile a dhùltas gairm Dhe orra, agus a roghainnicheas an inntinn fheòlmhor a thoileachadh. Amhul a thachairt do'n mhac struidheil, bheir beirm na h-eas-ùmhlaichd is a' chuthaich togail agus othail dhoibh rè aimsir ; ach 'na dhéidh sin uile, gheibh iad iad-fein air chall, le cridhe tròm, amharusach 'n an cliabh, agus an spioradan fo neul. Chan 'eil e comasach do dhuine d'an aithne dé a tha e a' deanamh, lagh Dhè a chur an suarachas, gairm Dhè a dhùltadh, agus e-féin a thoirt a suas do fhéin-thoileachadh toirmisgte air bith, gun a bhi mothachail gu bheil e air seacharan, gu'n do chaill e a chûrsa air son an do chruthaicheadh e, agus gach cothrom ciatach a choinnicheadh air

anns an t-slighe sin. Tha e a nis air a chuartachadh le cumhachdan dorcha nach leig as an greim e gus an éigin dhoibh. Uidh air 'n uidh, traoghaidh air falbh as a chridhe a' chuid as feàrr de bheatha duine, agus thig suarachas, crua, mi-chreideamh, agus eu-dòchas a ghabhail an àite. Mar sin, tha eas-ùmhlaichd agus ar-amach a' deanamh an gnothuch fein air daoine, araon a' toirt uapa na slighe bheò agus 'g an dùnadh ann am braighdeanas spioradail.

### Maitheas Dhe

Ach, taing do Dhia, chan 'eil an t-slighe dùinte, ged a tha i a' dol á sealladh na muinntir a dhùltas i. Tha i ann an còmhuidh, agus tha i fòsgailte romhpa-san uile a dheònaicheas a ghabhail. Cho luath is a thréigeas an t-aingidh a shlighe, agus an duine eu-corach a smuaintean, agus a philleas e ri Dia, chan e a mhàin gu'm faigh e maitheanas gu paitl, ach mar an ceudna, sud slighe àrd na beatha maireannaich a' fosgladh roimhe, agus cursa chiatach d' a anam anns am fàs e ann an gliocis, ann an diadhaidheachd, ann an comas seirbhis do Dhia agus do dhaoine, agus anns gach seòrsa maitheis a bhuineas d' a ghné fo bhuaidh an Spioraid Naoimh. "Imichidh iad, a Thighearn, ann an solus do ghnùise."

### Fiamh is Eagal

An robh sibh riamh fo amharus gu'n robh eucail mhabhbtach an déidh greim a dheanamh oirbh air chor is gu'n robh eagal oirbh dol gu lighiche mu'n daingnicheadh e bhur beachd ? Ma bha, abramaид gu'm b' éigin dhuibh dol thuige mu dheireadh. Ràinig sibh a dhòrus ann an carraid inntinn is iomaguin, ged a bha dèò fann de dhòchas agaibh ri comhfhurtachd. An déidh do'n lighiche gach fiosrachadh agus rannsachadh a dheanamh oirbh a bha feumail, abramaïd gu'n do thionndaidh e oirbh gnùis aoiheil, agus gu'n do labhair e ribh mar so—"Tha mi a' tuigsinn gu maith dé tha a' cur dragha oirbh ; tha móran a' gearan leis ; agus leighis mise ceudan a bu mhiosa cor na sibh-se. Chan 'eil dad oirbh nach gabh ceartachadh. Ma ghabhas sibh mo chomhairle agus mo chungaideil, bithidh sibh glè shlàn gu goirid." Nach fàgadh sibh tigh an dotair ud air atharrachadh inntinn seach an staid anns an robh sibh 'ga ruigheachd ? Gun teagamh, dh' fhàgadh. Rachadh sibh a mach as, a dh' imeachd ann an solus gnùise an dotair a dh' fhosgail roimhibh a rithis slighe na beatha, dealrach le iomadh cothrom agus gealladh.

Is ann mar sin a tha a' tachairt dhoibhsan a thig gu Dia, an déidh dhoibh iad fein a mhilleadh, an dòchas a chall, agus gun slighe ri fhaicinn ach an t-slighe leathunn. Tha an anam air aiseag dhoibh air ais ; tha cursa na beatha maireannaich air a foillseachadh dhoibh,

agus tha iad a' togail orra, le òran 'n an eridhe, a dh'imeachd ann an solus gnùise Dhe.

### An Sonas buan

2. An dara beannachd : *tha iad a' faighinn aobhar aoibhneis a mhaireas.* "Ann ad ainm-sa, ni iad gàirdeachas feadh an là."

Is e gàirdeachas aon de phriomh bheannachdan Dhe d'a chloinn, a bheannachd is saoibhre agus is comhfhurtachaila a shealbhaischeart leò ; oir tha i ag ùrachadh is a' brosnuchadh nan aignidhean mar a ni uisge air luibhean agus fluran a tha a' cromadh is a' seargadh le tiormachd.

Tha dian iarrtus ann an eridhe an duine air gàirdeachas ; agus ged nach e gàirdeachas ach diadhaidhachd àrd chriosd ar beatha, fhathast, tha Dia a' ciallachadh gu'm bitheadh a chreutairean a' mealtuinn gàirdeachais am feadh is a tha iad a' sireadh agus ag ionnsachadh gnothuich is àirde. Do bhrigh sin, tha a Fhreasdal a' fritheadh dhuinn iomadh aobhar aoibhneis, mar a tha slàinte agus neart coluinne, obair ion-mhiannaichte, sealana briagha, glòin a' chruthachaidh, dachaith mhaith, càirdeas, companachas, is gràdh, cho maith ri nithean beaga a bheir toileachadh mó, mar a ni freagradh cuimseach, facal àbhacach, ceileireadh eòin ann am preas, no sleath bhinn a' bhàird. Ach ged a theirgeadh cuid dhiubh sin oirnn, tha aobhar gàirdeachais aig sluagh an Tighearna nach gabh lughdachadh, no mùchadh, no atharrachadh, —is e sin ainm Dhè air am bheil iad 'n an oighreachan, agus a tha air a sheulachadh dhoibh le gealladh is le sàcramaid, ainm an Athar, is a Mhic, is an Spioraid Naoimh. Tha ainm Dhe a' ciallachadh uile fhoillseachadh Dhe air fein, agus uile gràs Dhe gu bhi a' teàrnadh, a' naomhachadh agus a' glòrachadh a shluagh. Caillidh duine mu dhereadh a ghean is a ghàirdeachas gu buileach, is thig tuar a' bhàis chan ann a mhàin air a ghnùis, ach mar an ceudna air a spiorad, mur 'eil a muhinighin suidhichte air ainm Dhe, agus a bheatha folaithe ann. "Rachadh mo mhisneach uile air chùl, mur creidinn maiteas Dhe." An uair a tha duine a 'dol 'na leithid do dhàimh is do chombh-bhoinn ri Dia is gu bheil uile earbsa aige nach bi bàs no beatha no nithean a tha a làthair, no nithean a tha ri teachd, no airde no doimhne, no creutair air bith eile comasach air a sgaradh o ghràdh Dhe, tha e ann an sealbh air rùndiomhair a' ghàirdeachais a mháreas.

### Ann an saoghal trioblaideach

Their cuid nach 'eil e iomchuidh a bhi ri bheag de ghàirdeachas ann an saoghal anns am bheil tinneas, bochduinn, trioblaid, cogadh is uile eile a' ciùrradh uibhir sluaigh ; gu bheil e cho mi-fhreagarrach ri feedaireachd aig tòrradh.

Tuigidh sinn uile an fhaireachduinn sin ; ach fhathast, cha ghliocas a bhi a' bácadh gàirdeachais. Thug daoine de 'n t-seòrsa ud ach-mhasan do Chriosd air an dearbh chùis, eadhon gu robh a dheisciobuil ro aoibhneach. Is e an fhreagairt a thug Easan orra gu robh deagh reuson aca-san a bhi aoibhneach ; agus 'n am fanadh iad 'n an tosd, gu'n glaoadhadh na clachan féin. Bha Criosd na b' fhaireachaille air cor an t-saoghall na neach air bith eile ; ghiùlain E ar n-anmhuiinneachdan, dh' iomchair E ar doilghiosan, bha E eòlach air bròn, dh' fhuiling E ar n-uile lot ; ach a dh' aindeoin sin uile, cluinn-eamaid E, beagan uairean mu'n deachaidh E a mach a ghiùlain agus a dh' fhulang a' chroinn-cheusaidh ; "Na nithean so labhair mi ribh, a chum gu fanadh mo ghàirdeachas annaibh, agus gu'm bittheadh bhur gàirdeachas-sa làn." Agus co dhiubh, cha leigheas air an-aoibhneas dubhachas is tromadas ; agus dona 's mar a a tha suidheachadh cuid de shluagh an t-saoghall, cha bu leasachadh air na h-uile a bhi ri bròn.

Their cuid eile ruinn a bhi suarach co dhiubh a bhithreas sinn a' sealbhachadh aoibhneis no a' fulang doilghios ; gur e am prionnspal ceart sinn fein a dhi-chuimhneachadh uile gu leir ann an seirbhis mhaith air choireigin d'ar comhcreutairean.

Tha sinn a' tuigsinn na comhairle so, agus an riaghailt a tha i a' cur f'ar comhair ; agus tha iad le chéile luachmhòr. Ach tha sinn a rithis a' cuimhneachadh mar a thubhairt Criosd ris na deisciobuil, an déidh dhoibh seirbhis mhòr a dheanamh d'an comh-chreutairean, eadhon a' tilgeadh a mach dheamhan asda. Cha b' urrainn seirbhis a b' fheàrr na sud a bhi air a' fritheadh ann an linn air bith ; agus chan ionghnadh ged a bha na deisciobuil air an togail le 'n soirbheachadh. Ach thugamaid fanear focal Chriosd riu mu 'n chùis :—"Na deanaibh gàirdeachas air son gu bheil na spioraid fo 'ur smachd, ach deanaibh gàird-eachas gu bheil 'ur n-ainmean sgriobhta anns na nèamhaibh."

### Feasgar ar beatha

Bhiodh Criosd e-fein a' tilgeadh a mach dheamhan agus a' slànuchadh nan euslàn, agus eadhon a' togail nam marbh, seirbhisean nach b' urrainn gun a bhi a' toirt toileachaidh dha. Ciod, ma ta, is ciall do'n chomhairle ud d'a dheisciobuil mur e so, gu'n caill duine gach uile aobhar-aoibhneis an deireadh an latha, an uair a bhithreas a làmh gun chll, a ghuth fann, agus comas a sheirbhis air failneachadh, mur 'eil anns an amharc aige ach tuarasdal a sheirbhis, agus toillteanas a bheatha.

Ach ma tha ainm sgriobhta anns na nèamh-aibh, agus a muhinighin anns a' ghràdh shiorrhuidh a sgriobh ainm an sin, neo-airidh ged a tha e, tha aige aobhar gàirdeachais a mháreas

an uair a thréigeas an cùrr e. Seadh, is e a bhi a' sealbhachadh ainm gràsmhor Dhè, agus ag earbsadh 'na chliù, 'n a ghràdh, 'n a thròcair, 'n a chumhachd, 'n a gheallaidean maiseach, is fior thóbar gàirdeachais anns a' chridhe; is e sin an tobar nach traoigh, agus an gàirdeachas nach teirig.

3. An treasa beannachd : *tha iad a' faighinn an àrdachaidh fhòr.* " Ann ad fhireantachd-sa, àardaichear iad."

### Diathan bréige

Timchioll air Israel, bha na Cinnich a' deanamh aoraidh do dhiathan bréige air an robh fior dhroch chliù air son mi-bheusalachd agus euceart, air chor is gur ann a bha an luchdaoraidh air an truailleadh, agus air an isleachadh leò. Tha buaidh mhór aig aoradh dhaoine thairis air am beachdan, air an comhluadar, agus air am beatha uile: ma tha iad a' cur onair air dia mar a bha Moloch nach gabhadh sàsachadh ach le òigridh thaghta a bhi air an iobradh dha troimh theine, nach 'eil e soilleir gu robh cleachdadh cho searbh agus cho baoth a' dalladh inntinnean agus a' cruadhachadh chridheachan an t-slaugh?

Ach Dia Israeil—chan e a mhàin gur Esan an t-aon Dia beò agus fior, ach tha E ceart 'na uile shlighean, agus naomh 'na uile ghnìomharan. Is àite-tàimh a righ-chaithreach ceartas agus breitheanas; mar an ceudan tha firinn agus tròcair a' dealradh mar sholus roimh a ghnùis. Is e so Dia da-rìreadh, anns am bheil gach maitheas a' coinneachadh ann an iomlanachd. Do bhrigh sin, tha a shluagh air an àrdachadh le a bhi ag aoradh dha. Chan urrainn dhoibh beachdachadh air a bhuidhean, no dìuthachadh dha 'n an spioradan gun a bhi ag iarraidh a bhi air an glàndadh o am peacaidhean; oir tha iad a' tuigseann gu bheil naomhachd, ceartas, agus maitheas air an iarraidh air a luchd-eagail-san. Mar sin, tha iad air an àrdachadh; tha iad ag èirigh ann an inbhe, le bhi a' fàs 'n an daoine maithe, a' gràdhachadh fireantachd, agus a' fuathachadh aingidheachd. Is ann mar so a ruigeas daoine air an fhòr uaisle. Bithidh daoine a' còsnadh urrainn is inbhe anns an

t-saoghal le euchdan is seirbhis de iomadh seòrsa; agus faodaidh cuid dhiubh air a shon sin uile a bhi goirid de fhireantachd. Ach ann am breitheanas Dhe, cha bhi air an àrdachadh ach aon seòrsa, iadsan anns am faighear prionn-spal na fireantachd a tha tre chreideamh.

### Na fior uaislean

Is gann a leigear a leas a' radh gu bheil na tri beannachdan so air an sealbhachadh na's pailte le naoimh a' Chumhnainte Nuaidh na a bha iad le naoimh Israeil; oir tha Criod a' toirt càrsa do'n anam anns am bheil e a'faotainn dìuths is comh-chomunn ri Dia, cothrom-seirbhis, agus cothrom air fas ann an gràs agus ann an cumhachd spioradail a tha na's pailte agus na's cinntiche na bha ann an taigse dhaoine roimh a latha; agus tha an t-sligte a tha Esan a' fòsgladh romhainn a' direadh do na nèamhan agus a' dol as an t-sealladh ann an glòir. Is e Criod mar an ceudna a tha a' fosgladh tobair aoibhneis anns a' chridhe, is milse blás agus is éifeachdaiche buaidh na b' aithne do'n t-Salmadair. "An t-uisge a bheir mise dha, bithidh e 'na bheò-thobar uisge ann a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich." Is E a mhàin a ghleidheas tòbraichean diomhair a chridhe fosgalte agus ùrail, a dh' aindeoин trioblaid, brisidh-dùil, agus bròin. Oir tha E a' teagastg a shluagh sealltuinn seachad air an t-saoghal so uile gu léir; agus amhul a bha an t-abstol a dh' ionnsaich inntinn a Mhaigistir cho coimhlionta a' deanamh, gun a bhi a' meas nithean aimsireil, no carraig an t-saoghail, nach mair ach rè sealain, ach mar ni suarach an coimeas ris a' mhaith shiøruidh a tha ullaichte air an son anns na h-àrdaibh. Agus nach e a bhi de dh' aon spiorad ri Criod, Righ na Fireantachd, Tighearna na firinn agus a ghràis, a bhi darrieadh àrdaichte ann an onair agus fior uaisle? Iadsan aig am bheil spiorad Chriosd, 's iad na fior uaislean; agus ciod air bith an crannchur no an inbhe anns an t-saoghal so, gheibh iad an àite mu dheireadh anns na h-àrdaibh; oir is e Criod e-féin a tha ag ràdh—"Far am bheil Mise, bithidh iadsan mar an ceudna."

Gu cinnteach is beannaichte an sluagh a thuigeas an fhuaim aoibhneach.

## Anns a'

## Chathair

ni sam bith nuadh fo'n ghréin. An uair a ni fear-oibre aig nach 'eil làmh ghrinn obair a tha gròigeil cuiridh e a' choire air na buill-acfhuinn a bha aige, mar a rinn Seumas MacGriogair a threabh an talamh-glas aig Bean Ach-nam-bò. Sheall e air an treabhadh is thubhaint e rithe, "Na'n robh paidhir each a b' fheàrr agam, agus crann eile, agus talamh a bu réidhe, agus duine

BHO thoiseach an t-saoghal tha daoine ullamh gu bhi a' cur na coire air daoine eile an uair a ni iad rud-eigin ceàrr. An uair a bhris ar ceud phàrantan àithne Dhe chuir Adhamh a' choire air Eubh, is chuir Eubh a' choire air an nathair, agus tha a' cheart fhasan sin aig an cloinn fhathast. An ni a bha ann is e an ni sin féin a tha ann fhathast, agus chan 'eil

agam a dh' fhalbhadh ann an ceann nan each, agus na'n robh an t-sid na b' fheàrr, bhitheadh an treabhadh na b' fheàrr na tha e." B'e an fhior aobhar air oileas an treabhaidh nach do chleachd Seumas a bhi eadar spàgan croinn agus nach robh e suas ris an obair. Chleachd e a bhi a' càradh rathaidean.

Gabhaidh daoine an lethsgul fhéin, is cuiridh iad a' choire air daoine eile anns gach àite fo'n ghréin cho maith ri Ach-nam-bò, agus ann am fichead rud a thuilleadh air droch threabhadh. Their aon duine, "Na'n robh mi a' fuireach air sràid eile, no ann an àit-eigin eile, air falbh o dhroch dhaoine, thogainn mo theaghlaich na b' fheàrr na tha mi a' deanamh."

Their duine eile, "Bha m' athair agus mo mhàthair cho teamm orm ann an làithean m'oige's gu'n do ghràinich iad air an eaglais mi; is ann aca-san a bha a' choire gu'n do thionndaidh mi air falbh bhuaipe."

Their an ath fhear, "Ged a rinn mi sud cha b' ann agam a bha a' choire ach aig an duine a mheall mi."

Uairean a tha freumh beag de'n fhìrinn anns na lethsgulan sin, ach mar is trice tha daoine a' dol air seachran a chionn gu bheil laigse no ole air chor-eigin 'n an toil féin. Chan e'il teagamh nach 'eil e na's duiliche do dhaoine tighinn beò gu diadhaidh ma tha droch choimhearsnaich aca, no ma tha an còlmhuidh aca ann an ionadan far a bheil a rìgh-chaithir aig Satan, ach air a shon sin, faodaidh daoine an culaidhean a chumail geal, agus gun salachadh, eadhon an Sardis. Chan ann o'n taobh-a-muigh a tha na nithean a shalaicheas an duine; tha iad ag éirigh as a' chridhe, agus mur biodh an t-ole 'n ar eridhe féin cha deanadh an ceap-tuislidh a chuireas daoine eile 'n ar rathad cron air bith oirnn.

Uair a dh' fhoighnich duine-eigin de'n Ollamh mhór-mhór, an t-Ollamh Mac Iain, carson nach robh e a' gabhairl fiona, thubhairt e gu firinneach nach robh a chionn nach b' urrainn dha stad aon uair 's gu'n tòisicheadh e. Is ann glé annamh a tha daoine cho onarach ris an Ollamh Mac Iain; their daoine a tha 'n an tràillean do'n uisge-bheatha riut gu rachadh aca air stad dheth uair air bith na'n toilicheadh iad. Is maith leò sin a chur mar fhiachaibh orra féin. Ma bheir thu an aire, a leughadair, chi thu gu bheil an dà rud so fior, (1) gur ann fior annamh a dh' aidicheas daoine gu bheil iad gaolach air uisge-beatha no seòrsa-drama eile, agus (2) gur ann fior annamh a dh' aidicheas duine nach rachadh aige air sgur dheth gu buileach. Ach air a shon sin tha fhios agad gu bheil na miltean ann a tha cho gaolach air deoch 's a tha cat air iasg, agus miltean nach urrainn stad a dh' òl. Sin an seòrsa a bhios daonnan a' cur na coire air daoine eile.

Bha Iain Mac Coinnich 'n a shaor maith agus

'n a dhuiine réidh ach bha aon fhàiling mhór ann, bha e ro ghaolach air a bhi tadhall anns an tigh-òsda aig Tom Elliot, agus cleas a h-uile duine a bhios a' dol do'n tigh-òsda na's trice na bhios iad a' dol do'n eaglais chaill e an dà chuid a choguis agus a nàire.

Bha bean òg laghach aige agus triùir de chloinn, ach ged bha a bhean a' feuchainn ri folach a chur air drongaireachd a fir, agus biadh is aodach a chumail ris na páisdean mar a b' fheàrr a b' urrainn dhi, bha an dachaidh a' dol sios gus mu dheireadh nach bu dachaidh i ach an aimh a mhàin, tigh gun ghean, gun sonas, gun dealbh. Ach bha bean-an-tighe 'n a boirionnach glie; ged bha a cridhe air a leòn cho goirt agus ged bhiodh i gu tric a' caoineadh air son a cloinne cha dubhaint i riamh droch fhacal ri Iain, is cha do thilg i air mar bha e a' deanamh air a theaghlaich. Ach air a shon sin bha i a' feuchainn leis gach imleachd a theagaisg a gaol dhi air a tharruing le còrdaihbhlaoi o'n òsd-thighe.

Ged bha e trom air an deoch bha gaol aig air a mhnaoi agus air a chloinn, agus ann am freasdal Dhe bha an gaol sin 'n a mheadhon air a tharruing o'n tigh-òsda fad thrì bhiadhna. Shiubhail té de na caileagan; eadar an clisgeadh a chuir sin air, agus bròn a mhmatha, agus an-shocair a bha 'na choguis, agus an t-amharus a-bha 'n a chridhe nach d' fhuair a' chaileag eothrom ceart riamh, thòisich an Spiorad Naomh air oibreachadh ann. Chuir e roimhe, le còmhannadh an Tighearna, gu'n seachnadh e an Tigh aig Tom Elliot gu buileach, agus gu'm bioldh e na bu mhùirniche air a mhnaoi agus air a chloinn. An ceann seachduin bha an t-atharrachadh a thàinig air Iain ri fhaicinn anns an tigh, agus fad thrì bliadhna cha robh dachaidh anns an dùthaich a bu shona na'n dachaidh ud.

Feasgar a bha e a' dol seachad air dorus an tighe-òsda, agus e a' dol dhachaidh o obair, thachair triùir no cheathrar de na seann chompanachair. "Is fhada o nach fhaca sinn thu," ars iadsan, "thig a stigh agus gabhaidh sinn deur beag."

Thubhairt Iain nach rachadh; gu robh cabbag air faotainn dhachaidh agus rud no dhà aige ri dheanamh m'an tigeadh an oidhche.

Ach cha ghabhadh na daoine diùltadh; lean iad air a choiteachadh gus mu dheireadh an dhubhairt e riu air a cheann nach robh e dol a bhlasad deur uisge-bheatha gu bràth tulleadh.

An sin thòisich iad uile air gàireachduin agus air tarruing as. Dh' fhoighnich fear dhiubh dheth an robh eagal air gu'm puinnseanaicheadh aon ghloine uisge-bheatha e, no an robh eagal air gu robh a cheann air fas cho aotrum 's gu'n cuireadh aon ghloine tuainealaich ann?

Thubhairt fear eile, "Chan e sin idir a tha cur eagail air Iain; 's ann tha eagail air gu'n

troid a bhean ris, ach," ars' esan agus e a' tionndadh ri Iain, "ma thig thu a stigh leinn théid mi fhéin dhachaidh leat air eagal gu'n troid Màiri riut, no gu'n cuir i thu a laighe gun do shuipear, agus a thuilleadh air sin bheir mi dhuit clo've."

"Leigibh leis," ars' an treasa fear, "nach eil sibh a' faicinn gu bheil e an diugh cho mór as fhéin 's nach bu mhaith leis gu'm faiceadh daoine e a' dol a steach còmhla ri ar leithideane."

Na'n d' iarr Iain còmhnaidh o Dhia mar tha e air iarraidh oirnn 'n a Fhacal a dheanamh an àm buairidh bhitheadh guch ni ceart oir tha a ghràs-san foghainteach agus cha leig e leinn dol thar ar fulangais, ach cha do rinn e sin. Ghabh e an fhearg, agus eadar fearg agus uabhar agus dannarrachd, rinn e lom is direach air dorus an tighe-ösda; rachar a steach, agus càch air a shàil, 's tilgear paippear dheich tasdail air a chuntar; "Leth-bhodach uisge-bheatha," ars' esan.

\* \* \* \* \*

Bha e naoi uairean m' an d' fhàg iad an seòmar-cùil aig Tom Elliot, agus iad uile a' tuisleachadh mar dhaoine air mhisp, gun an ciall no an coiseachd aca. Chaithd iad air an ais am màireach, agus lean Iain MacCinnich air dol air ais gus an robb e cho dona air an òl 's a bha e riagh; an t-eun a bha air a shaoradh à laimh an eunadair thuit e anns an ribe a ris. Ghabh an sonas a bha 'n a dhachaidh sgiathan; chrom a bhean agus a chlann an cinn le briseadh-cridhe agus le näire, agus chrudhaich a chridhe

agus a choguis fhéin na bu mhiosa agus na bu mhiosa. Chaill e àite agus a chliù, agus mu dheireadh chaill e a shláinte, ach an uair a bhitheadh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., a feuchainn ri comhairle a thoirt air agus ag iarraidh air uisge-beatha a thur-sheachadh ghabhadh e a lethsgaileadh gu neo-sgàthach is theireadh e nach ann aige-san a bha a' choire idir ach aig an fheadhainn a thug air dol a steach do'n tigh-ösda.

Lethsgaileadh diomhain, is féin-fhìreanachadh nach seas! A h-uile duine a théid do thigh-an-öil tha e a' dol ann le a thoil féin agus is e a chasan féin a tha 'g a thoirt ann. Faodaidh daoine eile deoch a choiteachadh ort, no magadh ort a chionn nach téid thu a dh' òl còmhla riu, ach chan urrainn dhaibh deoch a chur sìos 'n ad amhaich, no do ghiùlan a steach do thigh-ösda an agaidh do thoile.

Mar sin chan 'eil ann ach diomhanas do neach a ghéill do bhuaireadh air bith a ràdh nach ann aige-san a tha a' choire. Co aige eile a tha i ach agad féin? Ach tha daoine ann a tha cho dannarra 'n am féin-fhìreanachadh 's mur faigh iad a' choire a chur air neach eile gu'n cuir iad air Dia i. Bha an seòrsa dhaoine sin ann ri linn an abstoil Seumas, ach thubhairt e riu, "Na h-abradh neach air bith an uair a bhuairear e, Tha mi air mo bhuaireadh le Dia . . . ach tha gach duine air a bhuaireadh 'n uair a thàirgean air falbh e le ana-mianna féin. An sin air bhi do'n ana-miann torrach, beiridh e peacadh, agus air do'n pheacadh a bhi air a chriochnachadh beiridh e bàs. Na bithibh air bhur mealladh, mo bhràithrean gràdhach."

## Aig an Uinneig

### An t-Ollamh Ruairidh Mac Leòid

**G**ED nach 'eil eòlas cho maith aig muinntir na Gàidhealtachd fhat hast air Ruairidh Mac Leòid 's a bha aca air Alastair Lee nach maireann, tha fhios aig a' chuid mhór de luchd-leughaidh nan duilleagan so gur ann ris a dh' earb an eaglais a bhi sealltuinn as déidh nam missionaraidhean Gàidhealach. Is aithne dha missionaraidhean na h-eaglais na's fheàrr na's aithne do dhuine eile, agus chan e mhàin gur aithne dha iad ach tha e daonnan 'n a charaid dileas air an cùl, cho dileas 's nach mór nach toireadh e ort a chred-sinn gur smèdraich a tha ann an ròcaisean. Ach is maith an rud e a bhi dileas do mhissionaraidhean; tha beò-shláint mhinistearan car cinnteach dhaibh, oir tha iad mar bheinn Shioin, cha ghabh iad carachadh mur toilich iad fhéin. Ach chan 'eil an àite no am beò-shláint cinnteach do mhissionaraidhean; tha an suidhe aca air fail chorraich, agus mar

sin is maith an gnothuch gu bheil am fear a tha air an ceann faireachdail agus dealasach air gach cothrom a thoirt dhaibh a ghabhas deanamh.

Ann an deireadh an Fhoghair tha an t-Ollamh Ruairidh Mac Leòid a' dol air chuairt do Astralia; air a chur a mach le Eaglais na h-Alba gu coinneamh-mhór a tha ri bhi cruinn ann an Victoria, a chumail air chuimhne gu bheil ceud bliadhna o bha eaglais Chléir-eachail air a cur air chois ann an Victoria. Tha e fhein agus an t-Ollamh Adhamh W. Burnet, an Glaschu, a' dol a mach le fios-beannachaidh o'n t-seana mhàthair an Albainn do'n nighinn a tha nis air thigheadas dhi fhéin an Astralia. Tha na ceanglaichean a tha eadar Eaglais na h-Alba agus eaglaisean Cléireachail air feedh an t-saoghal läidir agus blàth. Tha iadsan 'g a h-aideachadh-se mar am màthair agus tha ise 'g an gràdhachadh-san mar chloinn. A h-uile bliadhna tha teachdairean a' tighinn bhuapa do'n Ard

Sheanadh an Dùn-éideann, mar chalamain ag itealaich a dh' ionnsuidh an ionad-tàimh. Am measg na feedhnach a thàinig o na dùth-channa thall am bliadhna bha an t-Ollamh ainmeil á Astralia, Raonull G. Mac an t-Saoir, duine a bhuineas do Loch Abar, agus a bha air oileanachadh an Dùn-éideann, ach a chaidh a mach tràth do Astralia, far an do rinn e obair mhaith a mhaires. Bhruidhinn

e uair no dhà an Dùn-éideann, is rinneadh a bheatha le suilbhreachd.

Tha an t-Ollamh Ruairidh Mac Leòid agus an t-Ollamh Adhamh W. Burnet ri seòladh an toiseach October, is bitheidh iad air an ais mu mheadhon Februari, ach bitheidh iad air an cumail trang ann an Astralia, a' searmonachadh agus a' dol ma 'n cuairt am measg nan eaglais-ean.

## Corp Chriosd

LE A. S. M. AN GLASCHU

**B**HO chionn ghoìrid bha mi a' bruidhinn ri caraid sònruichte mu'n eaglais; anns an t-seanchas a bha againn thubhairt e so, " Tha barrachd de dhaoine anns an dùthach aig a bheil tigh anns an diadhaidheachd na thatar a' saoilinn, ach chan ann anns na h-eaglaisean a gheibhear iad."

" C'áite eile am faighear iad, ma ta? " thubhairt mi ris. " Sin rud a tha duilich a ràdh," ars' esan, " theagamh nach 'eil iad a' cruinneachadh còmhla uair air bith, no a' gabhail orra gu follaiseach gu bheil an inntinn no an aire air Dia, ach air a shon sin tha iarrtus 'n anam air dearbhachd fhaotainn mu Dhia, ach stad iad de dhol do'n eaglais a chionn nach robh iad 'ga fhaotainn innse.

\* \* \* \* \*

Chan 'eil cuspair air an t-saoghal as luithe a thogas deasbud am measg dhaoine na 'n eaglais; chan 'eil agad ach am facial ainmeachadh ann an comunн air bith, is bitheidh cabhag air a h-uile duine a tha lathair a bheachd féin a thoirt dhuit, oir tha iad uile cinnteach gu bheil fhios aca ciód a tha ceàrr air an eaglais, agus ciód a bu chòir dhi a theagasc agus a dheanamh. Their cuid gur e flor àros Dhe a tha anns an eaglais, ach their cuid eile nach 'eil nàmhaid as miosa aig Criosd na i. Ma tha an eaglais a' ceangal dhaoine ri chéile tha i 'g an roinn cuideachd.

Tha gu leòir de dhaoine an dùil gu'n deanadh an saoghal feum as eugmhais na h-eaglaise, agus gu'm maireadh an creideamh Criosduidh beò ged nach bitheadh an eaglais idir ann. Sin rud nach gabh dearbhachd air aon òig no air dhòigh eile, ach chan 'eil e coltach nach bitheadh bràithreachas eadar daoine a tha creidsinn anns an aon Shlànuighear, agus a tha ag altrum an aon dochais, agus ann an seadh fior is e companas agus bràithreachas a tha cur air chois na h-eaglais, ge b'e àite am faighear i.

Gheibh daoine companas agus bràithreachas anns an teaghlaich, ann an sgòil, anns an staid, ach ged tha iad sin uile ann an tomsas a' tarruign dhaoine ri chéile agus 'g an aonadh ri chéile chan 'eil iad 'g a dheanamh ach ann an

tomhas beag, is tha eridhe mhic an duine ag iarraidh fasgadh fhaotainn ann an co-chomunn air chor-eigin far am bi gach gàrradh no balla a tha seasamh eadar e féin agus daoine eile air an tilgeadh sios gu buileach.

Gheibhlear a leithid so de cho-chomunn anns an eaglais, oir tha i a' gabhail a steach dhaoine de gach seòrsa agus as gach dùthach; daoine a tha dealachte o chéile a thaobh fala, agus a thaobh cainnte, agus a thaobh iomadh rud eile, ach a tha uile ag aideachadh gur teaghlaich an aon Athar iad, agus gu bheil aon Tighearn aca, Iosa Criosd a Mhac. Theagamh gu bheil an eaglais a' teachd geàrr air an fhiannis so a thoirt do'n t-saoghal, ach is e so an ceann-crìche a bha aig a Tighearn anns an t-sealladh an uair a ghairm e i gu bhi a' giùlan air aghaidh nan oibre a bha e féin a' deanamh ann an làithean fheòla. Ged tha caochadh eaglaisean anns an t-saoghal, an eaglais Shasunnach, an eaglais Albannach, an eaglais Ghreugach, eaglais na Roimhe, is e eaglais Chriosd a tha annta uile, oir chan 'eil crìochan aig an eaglais mar tha aig rioghachdan.

Ged is comunн an eaglais a bhuineas do na rioghachdan uile agus do'n t-saoghal uile, agus chan ann do aon rioghachd no do aon chinneach, agus ged is e páirt d'a h-obair na ballachameadhoin a tha eadar rioghachdan a bhriseadh sios agus an tarruign ri cheile ann an companas agus ann am bràithreachas chan i an aon chomunn a' tha feuchainn anns na làithean so ri sin a dheanamh; tha iomadh comunн agus seòrsa dhaoine an diugh a' feuchainn ris an pharmad agus an ràiteachas a tha eadar rioghachdan a spionadh as am bun agus bràithreachas luchd-leanmuinn Chriosd a chur 'n an àite. Bu chòir do'n h-uile duine aig a bheil gaol air sith agus a tha creidsinn ann an teagasc Chriosd am beannachd a thoirt do na comuinн sin agus cuideachadh leò, ach na'n robh Criosduidhean an t-saoghal dileas d'an gairm mar eaglais Dhe rachadh aca air sith am measg rioghachdan a stéidheachadh air bunaitean seasmhach mar nach téid aig comunн air bith eile air thalamh.

Tha co-chomunn na h-eaglais a' tarruign nam

beò agus nam marbh ri chéile cho cinnteach 's a tha e a' tarruing rioghachdan ri chéile. Chan urrainn an Criosduidh a chreidinn gur e am bàs ceann a réis, oir tha fhios aige nach 'eil dad a' tachairt aig uair a bhàis ach gu bheil e a' fágail aon seòmar ann an tigh Athar agus a' dol a steach do sheòmar eile. Ach is ann ann an tigh Athar a tha e fad na h-ùine. "C'aite an téid mi o d' spiorad ? agus c' àite an teich mi o d' ghnùis ? Ma théid mi suas do nèamh tha thu an sin ; ma ni mi mo leabadh ann an ifriann, feuch tha thu an sin."

A thuilleadh air so tha eaglais neo-fhaicsin-neach air thalamh cho cinnteach 's a tha eaglais neo-fhaicsinneach ann an nèamh, daoine nach robh riamh air an ceangal ri eaglais Criosd anns an t-saoghal so, no air an àireamh am measg chreidmheach, no a dhealaich ri am bràithrean le aobhar coguiseach. Buinidh iad sin cuideachd do chompanas nan daoine m' an dubhaint Criosd féin, "Chan e gach uile neach a their rium-sa, A Thighearn, a Thighearn, a théid a steach do rioghachd nèimh, ach an ti a ni toil m' Athar-sa a tha air nèamh." Ged tha freumhaichean na h-eaglais anns an t-saoghal, anns an t-seadh gur e daoine a tha 'g a riagh-ladh agus ag oibreachadh intte, chan e toil no innleachd a' chinne-daonna a chur air chois i ach Dia, Dia a ghairm i gu bhi a' giùlan air aghaidh obair na slàinte air an do thòisich e ann an Iosa Criosd. Sin an t-aobhar gu'n do labhair Pol mu'n eaglais mar chorpa Criosd. Is e a bha Pol a' ciallachadh leis an fhacal sin gur ann troimh bheatha Criosduidhean a tha Criosd a nis 'ga nochdadha fein do'n t-saoghal direach mar a nochd e e fén do'n t-saoghal tre a chorpa ann an làithean fheòla. Faodar a

chur ann an dòigh eile agus a ràdh mar so, gur e an eaglais bilean, agus casan, agus stíleán, agus làmhan Chriosd, a bhilean leis a bheil e a' bruidhinn ris an t-saoghal, a chasan a tha a' giùlan an t-soisgeil gu dùthchanna céin, a shùilean a tha a' faicinn uireasbhuidh an t-saoghal, agus a làmhan a tha a' deanamh nan ceart oibricean a rinn e fén an uair a bha e air thalamh.

Chan 'eil ann an samhladh a' chuirp ach aon de na samhlaidhean air an eaglais a gheibhear anns an Tiomadh Nuadh. Tha i air a coimeas ri togail a tha air a stéidheachadh air Criosd ; ri bean nuadh-phòsda a tha air a ceangal ri Criosd ; ri teampull anns a bheil Spiorad Dhe a' còmhnuidh.

A dh' aindeòin cho fada 's 'g a bheil Criosduidhean a' teachd geàrr air an gairm naomh tha an eaglais a' nochdadha anns gach linn gu bheil an clù àrd agus uasal so a tha air a thoirt oirre anns an Tiomadh Nuadh fior. Oir tha daoine peacach aig a bheil miann air maith-eanas agus ionndraim air Dia a' faotainn innti ceann an rathaid gu Dia. Is ann troimh an eaglais a fhuaire Augustine a steach do chala sàmhach an déidh dha a bhi air a riasladh le buairidhean geur, agus is ann troimh an eaglais a ràinig Newman air fois anma, an déidh dha a bhi air a luasgadh a null agus a nall le teagmhaidhean spioradail. Ged is fhada an t-astar a tha eadar Iain Calvin agus am Pàpa theireadh Iain Calvin ris an eaglais "mo mhàthair." Tha Leabhar Aidmheil a' Chreidimh ag ràdh gur e an eaglais fhaicsinneach "rioghachd an Tighearn Iosa Criosd, tigh agus teaghlaich Dhe."

(*Ri leantuinn*)

## Facal Neònach

AN déidh dha Betel fhàgail chùm Iacob air Agus an do ràinig e tir a dhaoine anns an àird an Ear. Agus an sin aig an tobar, agus i a' toirt dibhe do threud a h-athar, thachair Rachel, nighean bràthair a mhàthar, air, agus phòg Iacob Rachel, agus thog e suas a ghuth, agus ghuil e.

Bha e nàdurrá gu leòir dha a bhan-charaid a phògadh, ged nach fhaca e i riabh roimhe, ach carson air an t-saoghal a chaithd e a chaoineadh? Shaoileadh tu gur e sin an rud mu dhéireadh a bheireadh pògadh na caileig air a dheanamh, agus nach robh e siobhalta dha deòir a shileadh an déidh na pòige, an làthair Rachel co-dhiù.

Their cuid gur e moit a thug air a dheanamh, agus gu robh a dheòir co-ionnan ri gaire is lachanaich, ach tha na h-àrd-sgoilearan ag ràdh nach 'eil sin ceart, agus nach robh anns a' chaoineadh ach fasan a tha aig móran chinneach an uair a bhios iad a' cur failte air a chéile. Am measg threubhan eile cha bhiadh e air a chunntas siobhalta do dhuine gun dol a chaoineadh.

eadh 'na leithid sud de shuidheachadh. Tha na Maoris ann an New Zealand 'ga chunntas mar cheud lagh nam modhannan gu'n rachadh duine a chaoineadh an uair a tha e a' fàil-teachadh, no a' fágail beannachd aig a charaid, ach chan 'eil an caoineadh sin a' fasgadh no a' goirteachadh an cridhe ann an doigh air bith. Tha iad ag innseadh naidheachd mu mhàthair a bha air coinneachadh r'a chéile, agus a bha a' gul mar gu'm biodh am bàs air creach a thoirt orra, ach ann an teas-meadhoin a' chaoinidh, staid dithis dhiubh agus ghaodh iad, Chan 'eil sinn ullamh d' ar caoineadh fhathast, ach théid sinn agus ni sinn am biadh deas, agus an sin criochnaichidh sinn ar gul. Thuit duine-eigin riutha nach robh anna ach na cealgairean, agus gu'n robh fhios aige nach robh dad aca mu choimseamh na feedhnach a bha iad a' caoineadh, ach cha do rinn iad ach gaire. Tha a' cheart chleachadh so aig na h-Innseanaich ; chunntadh iad gu'n robh tàir air a dheanamh orra murdeantadh am fàilteachadh le caoineadh.



## An Spiorad Naomh

*"Spiorad na firinn."*—EOIN XVI. 13

**B**U mhaith leam anns an aireamh so seanchas simplidh a dheanamh mu'n Spiorad Naomh, ach m'an tòisich mi, feumaidh mi a ràdh gu'm bi iomadh ceist mu'n Spiorad Naomh ag éirigh 'n am inntinn nach urrainn mi a fhreagairt, agus gu bheil iomadh rud mu thimchioll obair an Spioraid nach 'eil mi a' tuigssin, agus nach 'eil dòchas agam gu'n tuig mi gu bràth.

Tha an Spiorad Naomh neo-fhaicsinmeach, agus sàmhach, agus diomhair; a' séideadh mar a' ghaoth, gun fhios eia as no ciamar a tha e a' tighinn, ach air a shon sin, *fo lagh agus fo riaghailtean Dhe*, mar tha gach neach no ni eile anns a' chruthachadh.

Ach ged tha móran dorcha oirnn a thaobh an Spioraid Naoimh, tha e soilleir gu'n d' thug Dia an Spiorad do'n eaglais, agus gu'n d' thug e dhith e, chum an fhìrinn a tha air a tagadh agus air a folach ann an Criod a nochdadh dhi uidh ar n-uidh. "Cha labhair e uaithe féin . . . gabhaidh e de mo chuid-sa, agus nochdaidh e dhuibh-se e."

### An Spiorad agus Facal Dhe

Tha sinne cho aimeolach dhinn féin gu spiorad-air 's nach 'eil e furasda dhuinn na nithean as simplidhe anns an t-soisgeul agus ann am Facal an Tighearn a thuigssinn no a ghabhail gu eridhe, gun e bhi air a theagasc dhuinn leis an Spiorad. Ach chan 'eil an Spiorad Naomh a' labhairt uair air bith *uaithe féin*, no a' teagasc ni air bith nach 'eil a réir Chriosd, a réir a theagaig agus a bheatha. Ma their neach air bith gu'n d' fhoillsich an Spiorad Naomh sud no so dhà, ma tha am foillseachadh sin a' dol an aghaidh Facal an Tighearna, faoaidh tu a bhi cinnteach nach e an Spiorad Naomh a labhair idir ris, ach droch spiorad air chor-eigin. *Mar sin, cha ghabh am Facal a tha againn anns a' Bhiobull agus an Spiorad Naomh dealachadh.* Cha bu mhaith leam a ràdh ann an éisdeachd dhiadhairean gu bheil an Spiorad Naomh *ceangailte* ri Facal an Tighearn, ach air a shon sin cha d' fhuair is cha d' fhairich mi e ann an àite eile riamh. Mar is sine tha mi a' fàs, agus mar is mò a tha mi a' taiceachadh ri m' fhiosrachadh féin, is ann as cinnliche a tha mi nach urrainn dhuinn adhartas air bith a dheanamh anns a' bheatha spioradail ach tre

Fhacal an Tighearn. "Naomhaich iad troimh an fhìrinn; is e d' fhacal-sa an fhìrinn." Mar sin theirinn ri neach air bith a tha ag iarraidh an Spioraid Naoimh, Iarr e ann am Facal an Tighearn. Is theirinn cuideachd gur e an dearmad a tha creidmhich a' deanamh air Facal an Tighearn as aobhar nach 'eil iad air an soillseachadh no air an neartachadh leis an Spiorad Naomh na's mò na tha iad.

Tha mi an dùil nach 'eil e chum maith air bith do dhaoine a bhi feuchainn ri dealachadh a chur eadar Dia agus an Spiorad Naomh, oir ciod air bith a their na diadhairean mu thrì Pearsachan na Trianaid chan 'eil ach aon Dia ann a tha labhairt ris an anam. Tha e gun teagamh a' labhairt air iomadh dòigh, ach is e an aon Dia a tha labhairt fad na h-ùine, an dràsd tre Flacal, a ris tre a Flreasdal, agus an ath uair air dhòigh eile.

### Teachd an Spioraid

Chan 'eil e furasda do dhuine a bhi cinnteach co dhiu a tha an Spiorad Naomh ann féin no nach 'eil oir chan 'eil na comharráidhean follaiseach 'g a leantuinn an drìugh a chunnaeas ann an làithean nan abstol. Chan 'eil e a' séideadh trompaid an uair a tha e a' dol a steach (no a' dùsgadh anns an anam); tha e a' tighinn ann car coltach ris mar a thàinig Criod a steach do'n t-saoghal. Thàinig e 'n a leanabh beag, agus gun fhios aig an t-saoghal gu robh e ann, ach uidh ar n-uidh dh' fhàs e mór gus mu dheireadh an d'thàinig e gu a làn fhàs, agus an do thòisich e air obire cumhachdach a dheanamh. An sin mhothaich an saoghal gu robh an t-Iongantach 'n am measg.

Sin mar tha an Spiorad Naomh; thig e a dh' ionnsuidh a' chreidmhich gun fhios da. Ach uidh ar n-uidh tòisichidh e air faireachduinn gu bheil cumhachd ùr, agus cumhachd chàirdel, air teachd thuige, agus gu bheil nithean air an eual e iomradh le eisdeachd na cluaise air an deanamh cho cinnteach dha 'n a anam féin ri fradharc a shùl. Tha e a' tuigssinn Facal Dhe agus tha Facal Dhe a' labhairt ris mar nach do rinn e riamh roimh; tha e a' tuigssinn a chionta agus a theachd-geàrr, agus tha e a' gabhail tlachd ann an Criod; na ainm agus 'na obair agus 'na shluagh, nach do ghabh e

riamh. Agus an sin gabhaidh creidmhich eile eòlas *air-san*, gu bheil Spiorad Dhe a' còmhnuidh ann.

### Fàs nan Gràs

Là a bha duine maith a' gearan air fèin ann an eisdeachd a mhathana, agus ag ràdh nach ann na b' fheàrr ach na bu mhiosa a bha e a' fas, thubhairt e gu robh e a' leughadh agus a' smuaineachadh air lagh an Tighearna a h-uile là, ach a dh' aindeoin sin gu robh e a' fas mothachail air peacaidean uira agus droch aignidhean ann fèin nach b' abhaist a bhi ann idir. "O," ars' a bhean ris, "bha iad annad ged nach robh thu 'g am faicinn. Nach 'eil cuimhne agad ciod a bhiodh Seumas beag, ar leanabh gaolach, ag ràdh ruinn an uair a dh' fhàg am fiabhrus cho caol e, gun ann ach na cnàmhan agus an cràcionn. Theireadhl e riun nach fàsadh e làdir no reamhar gu bràth tuilleadh, ach bhithinn-sa ag ràdh ris gu robh e a' fas reamhar a h-uile là, agus ann an ùine ghoirid gu'm biodh e cho làdir 's a bha e riamh. Cha chreideadh e so, ach an sin thàinig e far an robh mi aon là, a' gearan gu robh a sheacaid 'g a ghortachadh anns na h-achlasan, agus a bhrògan 'g a ghortachadh cuideachd. "Tha, arsa mise, a chionn gu bheil thu a' fas reamhar." "Sin mar tha thusa," thubhairt i ris an duine, "bha thu fèin agus an seann-duine a bha 'n ad chridhe a' faotainn air 'ur n-aghaidh gu gasda còmhla, cho gasda 's nach robh umhail agad gu robh e ri taobh do theallaich, ach a' cheart mhionaid a thòisich an duine nuadh annad air fas thòisich thu air mothachadh do na droch aoghean a tha ann ad chridhe." Is e an Spiorad Naomh a tha toirt dearbh-shoilleireachd don t-saoghal mu pheacadh, mu fhireantachd, agus mu bhreitheanas. Tha peacadh air ainmeachadh anns a' Bhiobull ris an abrar "toibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh," peacadh eagallach gun teagamh, ach tha dà pheacadh eile an aghaidh an Spioraid a tha na 's cumanta na 'n toibheum so, (1) a' cur an aghaidh an Spioraid Naoimh, agus (2) a' mùchadh an Spioraid Naoimh. Theagamh nach 'eil anns an dà pheacadh sin ach aon, oir ciod an dòigh as cinntiche air cur an aghaidh an Spioraid na an Spiorad a mhùchadh. An uair a tha an solus air a mhùchadh tha e ionann ri bhi as.

### Spiorad fiata agus nàrach

Faodaidh daoine nach 'eil 'n an *nainhdean* do Dhia a bhi eas-umhail dha, agus dearmadach, agus ciod as seirbhe no as doilghiosaire do chridhe athar na bhi a' faicinn eas-ùmhachadh a chloinne? "Na cuiribh doilghios air Spiorad Naomh Dhe, leis an do chuireadh seula oirbh

gu là na saorsa," tha Pol ag ràdh, "bitheadh gach uile sheirbhe, agus corruiich, agus fearg, agus gàrrthaich, agus toibheum, air an togail uaibh, maille ris gach uile mhì-run." Sin na nithean a chuireas teicheadh air an Spiorad Naomh oir is Spiorad fiata agus nàrach e nach urrainn uiread agus sealantuinn air aingidheachd no air mi-naomhachd.

Ach ged is spiorad fiata agus nàrach an Spiorad Naomh is spiorad coibhneil e mar an ceudna; a' treòrachadh dhaoine chum na firinn, chan ann mar gu'm biodh maighstirsgoil a' teagascg no a' smachdachadh cloinne leis an t-slait ach mar gu'm biodh màthair ag ionnsachadh d'a leanabh coiseachd, 'g a chuideachadh 'nuair a tha taic a dhùth air, 'g a thogail 'nuair a thuiteas e, agus 'g a chur air a chasan a ris.

### Droch spioradan

Feumar a chuimhneachadh daonnan gu bheil spioradan eile a' tighinn gu creidmhich a thuilleadh air an Spiorad Naomh, droch spioradan a tha dol 'n a riocdh-san agus a' mealladh mhòrain. Thig iadsan cuideachd gu sàmhach, agus ann an cruth ainglean na soillse. Ach is e an Spiorad Naomh an dòn as fhèarr a tha againn an aghaidh dhroch spioradan, oir is e esan a theagaisgeas dhuinn spioradan aithneachadh, co dhìu a tha iad glan no neòghan. "Dearbhaibh na spioradan, an ann o Dhia a tha iad." Is e obair an Spioraid Naoimh Criod a ghlòrachadh, agus chan ann o Dhia a tha spiorad air bith nach glòraich Criod. Agus tha Criod air a ghlòrachadh an uair a tha a rùintean air gabhail riù, agus am foillseachadh a rinn e air Dia.

Cha mhò a tha spiorad air bith o Dhia mur bheil an toradh aige maith, oir is e toradh an Spioraid Naoimh, gràdh, aoibhneas, sith, fad-ffulangas, caomhalachd, maitheas, creideamh, macantas, stuaim. Sin agad, a leughadair, cliabh de mheasan samhraidh a tha milis do'n bhlas. A bheil na measan sin a' fas ann ad lios-sa? Ma tha, faodaidh tu misneach a bhi agad gu bheil an Spiorad Naomh ag oibreachtadh ann.

Air nairean tha an Spiorad Naomh a' tighinn a dh' ionnsuidh an anma mar Sholus, 'g a shoilseachadh; air uairean mar Theine, 'g a losgadh agus 'g a għlanadh; air uairean mar Dhrùchd, 'g a ḫrachadh agus 'g a bheothachadh; agus air uairean mar a' Ghaoth, 'g a chriothnachadh, ach ciod air bith dòigh anns an tig e, is beannaichte a theachd.

Gach subhaile annainn is gach feart,  
Gach buaidh 's a chòmh-stri dhéin,  
Ar n-uile thograidh naomha, ceart.  
Tha 'teachd uaith fèin.

## Anns a' Chathair

**G**ED is e Calum-cille a thug an creideamh Crioduidh do'n Ghàidhealtachd, agus ged tha móran àitean agus eaglaisean air an ainmeachadh air, cha robh a sheanchas no a theagastg air an cumail air chuimhne anns a' Ghàidhealtachd mar bha seanchas agus teagastg dhaoine eile nach robh idir cho mór ris. Dh' fhaodadh tu suidhe uile làithean do bheatha ann an eaglais air bith anns an àirde Tuath, no anns na h-Eileanan, no an siorramachd Rois, ag éisdeachd ri ministearan ainmeil na Gàidh-ealtachd, gun aon fhacal a chluinntinn mu Chalum-Cille, no blas a theagaisg fhaotainn air gin de na searmoin a bhiodh iad a' liubhairt. Ach cha suidheadh tu anns na h-eaglaisean sin gun naidheachdan a chluinntinn a h-uile Sàbaid mu Mhaighstir Lachlainn, agus mu Ghilleasbuig Cook, agus mu Alastair Geàrr, agus mu fheadhainn eile de 'n t-seòrsa sin, agus idir idir cha suidheadh tu anna ntunntinn gu teagastg a chluinntinn a bha air a tharruing gu mór á leabhairchean dhiadhairean Sasunnach, Iain Bunyan, Richard Baxter, Philip Doddridge, agus Puritanach eile mar sin. B' iad sin na daoine aig an robh ùghdarras agus smachd thairis air inntinnean dhaoine anns a' Ghàidhealtachd agus cha b' e idir na naoimh mhóra a thainig o'n aon stoc ruinn féin.

Ged tha sinn air tòiseachadh air bòilich mu Chalum-cille o chiomh beagan bhliadhnaagan bha barrachd urrain air a thoirt dha am measg nan Gall na bha aige 'na dhùthaich féin o àm an Ath-leasachaidh; b' e Richard Baxter agus a sheòrsa na naoimh a bha air am beannachadh agus air an gleidheadh air chuimhne leis a' mhór-chuideachd de dhaoine cràbhach na Gàidhealtachd. Ged tha inntinnean luath beothail aig na Gàidheil chan 'eil inntinnean domhain aca, agus mar sin cha do chladaich iad riamh tobraichean dhaibh féin ann an Litreachas no ann an Diadhachd; tharruing iad as na tobraichean a bha air an cladhach le Sasunnaich. Chan 'eil ann an litreachas cràbhach nan Gàidheal ach iasad a fhuair iad o'n Bheurla. Theagamh nach cord e ri cuid so a chluinntinn, ach tha e fior.

### Duine beag-mór

Ged nach 'eil ann an Richard Baxter ri taobh Chaluim-cille ach mar gu'm bittheadh iochdaran an lathair uachdarain tha a' chuid mhór a dh' obair an t-saoghal air a deanamh le daoine beaga, agus mar sin bu mhaith leam seanchas a dhéanamh anns an àireamh so mu 'n duine bheag-mhór so, a rinn obair iongantach 'n a là féin, agus a lean air bruidhinn ri ar sluagh-ne le a sgríobhaidhean gus an là diugh. Sgríobh e os cionn ceud leabhar, cuid dhiubh anns nach robh móran seagh no sùigh, ach

ged nach sgríobhadh e riamh ach *Fois shiorrhuidh nan naomh* chumadh an leabhar sin ainm air chuimhne gu bràth. Leugh mise an leabhar sin am Beurla agus an Gàidhlig, ach ged a stad mi a nis de 'n chuid mhór dheth a leughadh tha dhà no tri dh' earrannan ann a bhithreas mi fhathast a' leughadh glé thric.

Ach ged bu mhaith leam seanchas a dhéanamh mu Richard Baxter chan 'eil mi a' dol a bhruidhinn uime mar gu'm bittheadh Siorram a' bruidhinn mu chûisean air am feum e a chainnt a thomhas, agus breith chothromach a thoirt seachad; chan 'eil mi ach a' dol a bhruidhinn air nithean sònruichte 'n a bheatha a tha 'g a thoirt dlùth dhuinn féin.

### Bràithreachas na h-easlaint

Theagamh gu'n tug thu an aire, a leugh-adair, mar a bhioraicheas duine air a bheil an lòinidh a chluasan an uair a chluinneas e gu bheil duine eile air a shàruchadh leatha; tha an lòinidh 'n a boinn a tha tharraing eadhon choigreach agus naimhdean r'a chéile. Tha a' bhuidh sin aig eucalean a' chuirp daonnan; tha an easlaint a' dùsgadh spiorad a' bhràithreachais am measg dhaoine a cheart cho cinnteach 's a dhùisgeas an eaglais no an t-saor-chlachaireachd e. An uair a dh' innseas mi nach robh Richard Baxter saor is pian aon là d'a bheatha tha fhios agam gu'm fairich móran de na leughas an duilleag so gur fior bhràthair dhaibh a bha ann, ged nach do leugh iad riamh facal de na sgríobh e.

Air uairean bithidh mise ag ràdh ri mo bhràithrean anns an eaglais, agus ri mo choimh-thional féin, gur e as-creideamh a tha toirt air daoine uiread ro-chùraim a bhi orra m'an corp no m'an slàinte. Tha móran dhaoine a' call an sithe agus an sonais gu buileach le bhi a' smuaineachadh gun sgur air na cunnartan a tha a' bagairt orra bho na *germs* a tha anns an adhar, agus air na dòighean anns am faod iad faighinn thuca. Ma chi iad cuileag ghorm air an iùnn-eig, no làrach òrdag a' phosta air litir, no ma chuireas am beadall làmh air na leabhairchean aca anns an eaglais, théid iad ann an ireabaich mar gu'm bittheadh sgaoth sheill-eanan fo'n léine.

### Obair agus ceòl

Ged nach 'eil cuimhne agam ciod a bha ceàrr air Richard Baxter tha amharus agam gu robh e rud beag usaideach m'a shlàinte féin, oir leugh mi an àite-eigin gu'n deachaidh e gu sé deug ar fhichead lighiche, agus gu'n d' òl e d'an cungaidhean na phlodadh báta. Ach air a shon sin bha rud-eigin fada ceàrr air; fishead uair 'bha e cho dlùth do'n bhàs 's is

urrainn duine a bhi gun an deò a thoirt suas, ach bha toil làdir aige agus eridhe gaisgeil, is lean e air, a' searmonachadh, a' sgriobhadh, agus a' riaghlaideareachd, mar nach robh gaoidh no gaiseadh ann. Cha robh là d'a bheatha nach robh e a' deanamh obair triùir.

Bha e gaolach air ceòl. Cha robh na Puritanach am bitheantas a' toirt gnùise do cheòl no do dh' aighear air bith ann am beatha chreidmheach, is fhuaireadhadh de na bràithrean a bu' chuimhne coire do Bhaxter a chionn gu robh e air son laoidhean a sheinn ann an aoradh na h-eaglais cho maith ri sailm, agus a chionn gu'm bitheadh e ag ràdh gu robh ceòl 'n a mheadhon-gràis prìseil do shluagh an Tigheara.

### Mu leughadh shearmon

Bha e 'n a chleachdadh aige a bhi leughadh a shearmino. Sin fasam nach do chòrd riamh ris na Puritanach, no ri iomadh duine eile aig nach 'eil taobh' ris na Puritanach. Cha do chòrd e idir idir ris na Càirdean (no mar theireariu, na Quakers) is bhitheadh iad a' tilgeadh air Baxter nach robh an Spiorad Naomh aige, agus nach bu mhiniestar ceart e. Ach sheul-aich Dia a mhiniestrealachd le comharraidhean fallaiseach.

Thubhairt Baxter gu robh e fada na b' phasa dha searmonachadh gun phaipear na searmon ullachadh agus a leughadh, ach gu'm b' fhearr leis a shearmon a leughadh, ma bha iùine aige a sgriobhadh. "Mur robh iùine agam," ars' esan, "mo shearmon a sgriobhadh gu cùramach, no ma bha mi ro thrang no ro leasg fad na seachdun, ni mi feum maith gu leòr gun phaipear, oir cha bhiodh annam ach ministear truagh mur rachadh agam air searmon a thoirt seachad gun e bhi air ullachadh roimh làimh. Tha e na's phasa tri searmoin a liubhairt gun phaipear na aon fhearr a sgriobhadh."

Cha toigh le muinntir na Gàidhealtachd a bhi ag éisdeachd ri searmoin a tha air an leughadh, ach air a shon sin, bha na searmonaichean móra a' leughadh an searmon riamh, Chalmers, agus Newman, agus Liddon, agus an seòrsa sin. B'e an searmonaiche a' b' fhearr leamsa a chuala mi riamh an t-Ollamh Alasdair Whyte an Dùn-éideann, ach bha a shùil-san air a' phaipear mar shùilean banglaich air làimh a bana-mhaighstir. Is e an fhùrrinn gu'm feum a h-uile searmonaiche an dòigh as fheàrr a tha freagairt air fèin a ghabhail. Is coma ciamar a tha searmon air a liubhairt ma tha beatha agus spioradalachd ann, agus is coma cuideachd ciamar a tha e air a liubhairt mur bheil ann ach glòramas no teangaireachd ris nach urrainnear éisdeachd le saorsa no le buannachd.

### Diadhairean connspoideach

Anns na làithean anns an robh Baxter beò bha diadhairean móran na bu chonspoidaiche na tha iad an diugh; bha iad a' connsachadh ri chéile gun sgor mu phuingean creidimh. Theagamh gu'n abair cui'd gur e an t-aobhar nach 'eilear 'g a dheanamh sin an diugh gu bheil na diadhairean òga air fàs meagh-bhlàth agus nach 'eil iad cho eudmhor as leth na Firinn ris na seann diadhairean. Ach tha mi an dùil gu bheil aobhar air as fhéarr na sin; thatar a' faicinn gu'n seas an Fhìrinn i fein, agus nach tig as a'chonspoid ach an rud a tha innse; mi-run, agus droch amharus, agus cùl-chàineadh, agus droch nàdur, agus dròch chainnt. Cha mhaith an rud e a bhi cluinnintinn dhaoine diadhaidh a' gabhair do chàch a chéile leis na clachan so, "mealltairean," "luchd-reubainn," "luchd-tuarasdail," "fàidhean-bréige," "sgriosadairean," "madaidh-allaidh." Seasaidh an fhùrrinn i fein; chan 'eil feum aice air eud no cainnt de 'n t-seòrsa sin, is cha mhò is ann le connspoid a chuirear rioghachd Dhe air aghaidh. Cha laigh drùchd air an talamh an dèidh oidhche stoirmiell no ghaothar, is cha mhò a thig no thàinig druchd nan nèamh, no toraidhean siocail an Spioraid air an eaglais aig amanna anns a bheil deasbuid agus connspoid innse.

Tha e duilich le móran dhaoine so a chreidsinn, oir tha iad an dùil gu robh an diadhaideachd aig a h-àirde anns na làithean anns an robh deasboircachd agus connsachadh anns an eaglais a bha dealachadh choimhairsnach agus theaghlaichean. Chan 'eil mise a' creidsinn sin, ach air eagal gu'm fàs mi fhéin connspoideach chan abair mi an corr air a' chùis ach a mhàin so, gu bheil an diadhaideachd daonnan a' tàmh làimh ri uisgeachan ciùin. Ged bha Richard Baxter 'n a dhuine maith b' fheàrr dha féin na 'n do sheachain e na connspaidean anns an deachaidh e ri diadhairean eile; ann an deireadh a làithean dh' aidich e so gu h-iriosal agus gu h-nasal. "Bha mi an dùil," ars' esan, "gu robh e mar fliachaibh orm an saoghal uile a chur ceart, ach cha robh mi ach òg aig an àm; tha mi a nis air fàs na's glice, is leigidh mi le daoine eile an Rathad Féin a ghabhail. Bha mi cho anabuich 's nach bu chòir dhomh a bhi sgriobhadh idir anns na làithean ud."

### Aonachd na h-eaglais

Na 'n robh Richard Baxter beò an diugh bheireadh e togail-eridhe dha a bhi ann an Dùn-éideann aig a' Chruinneachadh anns a bheil diadhairean as gach meur de 'n eaglais cruinn (ach a mhàin eaglais na Romhe), a' cur an cinn agus an comhairle ri chéile mu aonachd na h-eaglais Chriosduidh air thalamh.

Theagamh nach 'eil anns an aonachd air a bheil daoine a' smuaineachadh an diugh ach bruadar faoin, ach bu mhaith dhuinn uile na briathran glic so a sgríobh Baxter a thasgadh 'n ar cuimhne. "Am feadh 's a tha sinn a'

connachadh anns an dorcha tha sinn uile a' triall gu luath do 'n t-Saoghal a chuireas críoich air gach uile chonnsachadh; agus is e an t-ullachadh as fheàrr air son an t-Saoghal sin, naomhachd chiùin agus shiochail.

## Anns a' Choille Bheithe

**A**M measg nan dleasdanasan a bhios a' tachairt air ministearan ann an obair na sgire chan 'eil dleasdanas idir as duiliche na comhairle ghlic agus fhìrinneach a thoirt do mhàthraighean a tha an dùil gu bheil an clann 'n an sgoilearan maith, agus gu bheil gairm aca dol air an aghaidh do'n Chollaist. Cha mhaith le duine caomhail air bith eridhe màthar a ghortachadh, agus gu tric fanar sàmhach an uair a thòisicheas màthair air innseadh gu bheil a mac a' dol do'n Chollaist gu bhi 'n a mhinistear, no 'n a dhotair, no 'n a shiorram, ged tha fhios gu maith nach 'eil anns a' bhalach ach leth-phlaide, agus gu'm b' fheàrr a chur ris a' chrainn.

Tha gaol màthar an dà chuid geur-shùileach agus dall; iomadh uair saoilidh i gu bheil comasan aig a mac féin a chuireadhl farmad air Spurgeon, agus putaidh i air aghaidh e gu obair na ministrealachd ged tha eagal a chridhe air a' ghille féin dol air aghaidh, agus ged tha amharus aig daoine eile nach bi ann gu bràth ach ministear-maide.

Chan 'eil rud air an t-saoghal as foisneachaille do chridhe duine na fhios a bhi aige gu bheil e ris an obair a luigheasaich Dia dha, agus a tha a' freagairt air na buadhan a bhulich Dia air, ach chan 'eil rud air an t-saoghal as seirbhé do dhuine na bhi ann an dreuchd a tha os cionn a chomais agus a neirt, no a tha neo-fhreagarrach dha air dhòigh eile. Ach glé thrioc tha toil làidir aig màthraighean gaolach agus cuiridh iad mic umhail ann an suidheachadh beatha anns nach fhaigh iad gu bràth ach carraid agus briseadh-dùil.

Ma tha so a' tachairt anns na làithean so anns a bheil sgoilearan air an ceasnachadh agus air an cur air a' mheidh le daoine neo-eisiomaileach nach ceil an fhìrinn eadhon air màthraighean gaolach, ciod idir a thachras an uair a bhios ceasnachadh air a chur as (mar thatar ag iarraidh?). Cò am maighstir-sgoil no am ministear aig am bitheadh misneach a ràdh ri màthair de 'n t-seòrsa so nach robb eanchainn aig a mac air son na dreuchd no na h-oiibre a shòruach i dha?

### Màthair gaolach

Bha na smuainteán so air an dùsgadh 'n am intinn an raoir an uair a leugh mi ann an *Tùm an Obain* gu'n do shiubhail Mairi Dhòmhnuill, bean Eachainn Mhic' Cuarraig, a bha

'n a threabhaiche aig tuathanach an Achaidhmhóir, an Cille-sgimain, còrr agus dà fhichead bliadhna. Bha iomadh trioblaid aig Mairi 'n a beatha, ach an trioblaid a bu mhiosa a bha aice uile gu léir thug i oirre féin an uair a thòisich i air gibhteann agus gràsan fhaicinn ann an Habacuc, a mac, nach robh daoine eile a' facinn ann.

An uair a rugadh Habacuc bha ceann cho mór air 's gu'n tàinig e ann an intinn a mhàthar gu robh e cheana 'n a leanabh taghta, air a shònachadh le Dia air son na ministrealachd, agus chuir i roimhpe gu'n tugadh iad dha ainm fear de na seann fhàidhean. Bha Eachann Mac Cuarraig air son ainm athar féin a thoirt air a mhac bu shine, ach cha ghabhadh Mairi seunadh no àicheadh, oir chuir i roimhpe ainm faidh a bhi air, Isaiah no Eseciel. An uair a chuala Eachann iomradh air Isaiah ghabh e eagal; "duine," ars' esan, "a chunnaic an Tighearn 'n a shuidhe air cathair rioghail, agus seraphim os a chionn air an robh sè sgiathan, ag glaoadhach Naomh, Naomh, Naomh, Tighearna nan sluagh, agus a thubhairt, Mo thruaighe mise! oir is duine mi aig a bheil bilean nedòghan," "cha toir, cha toir, a Mhàiri, cha toir sinn Isaiah air idir; cha bhiodh e cneasda d' ar leithidean-ne a bhi anns an aon tigh ri Isaiah, no a' gabhair an ainme sin air ar bilean a h-uile là mar nach robh ann ach mar gu'm biodh ainm eile. Cha bhithinn-sa comhfhurtachail no foisneachail gu bràth tulidealbh 'n am thigh féin."

Bha Eachann Mac Cuarraig 'n a dhuine laghach agus 'n a dhuine sítheil, is dh' aontaich e a toil a thoirt d'a mhaoi agus ainm faidh a thoirt air am mac, ach bha e 'n a dhuine iriosal cuideachd is thubhairt e rithe gu'n deanadh ainm fear de na faidhean beaga an gnothuch; Obadiah, no Nahum, no Habacuc, no fear de'n t-seòrsa sin nach biodh eagal aca roimhe.

Sin mar a fhuair Habacuc Mac Cuarig an t-ainm a bha dha mar sgolb 'n a fheòil o'n cheud là a chaidh e do'n sgoil agus a thòisich na balaich eile air tarruing as.

### Fuil is fallus

Fichead bliadhna lean a phàrantan orra ag oibreachadh o mhoch gu dubh a' cur cruinn an airgid a chuireadhl Habacuc troimh 'n

Chollaist. Ged nach d' fheuch am maighstir-sgoil no an t-Urramach Niall Mac Phàrlain ri Habacuc a chumail air ais bha a mhàthair ag aithneachadh gu maith air an aodaínn nach e an aon bheachd a bha aca air a' ghille 's a bha aice féin. Ach theireadh i gu robh e na b' phasa do mhàthair an rud a bha ann am balach a thuiginn na bhà e do mhinistear no do mhaighstir-sgoil, agus gu robh e cho soilleir dhi ris a' ghréin gu'm biodh Habacuc 'na shoiteach taghta fhathast ann am fion-lios an Tighearn. "Air uairean," ars' ise, "an uair a bhitheas e 'n a shuidhe leis féin, agus gun e sealtainn idir air an leabhar a tha 'n a làimh no air a ghlùinean, thig coslas air aodann mar gu'm biodh e a' faicinn ainglean fad bhuaith, is saoilidh mi gu bheil e anns a' cheart shuidheachadh anns an robh Pol an uair a thogadh suas e gu Parras, agus a chual e briathra do-labhairt."

"Ciod a tha am maighstir-sgoil ag ràdh uime?" dh' fhaighnich am ministear, là a bha Mairi a' bruidhinn ris mu Habacuc. "Tha am maighstir-sgoil," ars' ise, "coltach r'a sheòrsa uile, a' cur barrachd cudthroim air eòlas agus gibhteann inntinn na tha iad a' cur air gràs Dhe, ach nach 'eil an Leabhar Naomh ag ràdh, ma dh' iarras neach rioghachd Dhe, cuirear na nithe so uile ris, Laidionn, agus Eabhra, agus Greigis! Agus ged tha am maighstir-sgoil ag ràdh gu'n d' fhairtlich air Laidionn a chur ann an ceann Habacuc, an ann le Laidionn a leag Daibhidh òg Goliath, no an ann le Laidionn a chuir Iosua ruraig air armailtean nan coimheach ?"

### O'n Oban gu Cill-rimhinn

An deireadh an fhoghair, fad dheich bliadhna, bha a mhàthair a' dol do'n Oban le Habacuc, 'g a fhaicinn air carbad-iaruinn a bheireadh do Chill-rimhinn e. Cha robh fhios aig duine an Cille-sguain ciod a bha e a' deanamh an Cill-rimhinn, no ciod a bha luchd-teagaisg is cinn a' Chollaist a' saoilsinn dheth, ach an uair a thigeadh e dhachaidh ann an deireadh an Earraich bha a mhàthair cho mór as 's gu'n cuireadh i oirre boineid riomhach agus dolman riomhach a' cheud Shàbaid a rachadh iad do'n eaglais còmhla. Ach ma bha a mhàthair mór à Habacuc cha robh Habacuc mór as fhéin; bha e cho diùid nàrach ri maighdinn; a h-uile duine a shealladh air bha eagal air gu robh iad a' magadh air a chionn gu robh a cheann cho mór, agus cho beag de Laidionn ann, agus b' fheàrr leis na rud air an t-saoghal gu'n leigeadh a mhàthair leis fantuinn aig an tigh, gun dol do Chill-rimhinn.

### Anns an fhàsach

An ceann bhliadhna an fhuair Habacuc Mac Cuarraig cead-searmonachaiddh bho Chléir Mhuile, agus an sin chaidh e a mach gu fasach

a bu mhiosa na fasach Shuir anns an robh clann Israel. Cha d' fhuair e gairm o choimhthionail riamh, no àite dha féin; a h-uile àite anns an searmonaicheadh e b'e ainn an àite sin Marah; cha tainig e riamh gu Elim. Thug an t-Ollamh Ruairidh Mac Leòid agus Mgħru Dunnett gach cothrom dha a b' urrainn dhaibh, 'g a chur a mach an sud agus an so air feadh na dùthcha, gus mu dheireadh nach mór gu robh coimhthionail anns a' Ghàidhealtachd nach cuala an dà shearman a bha aige, searman air a' cheann-theagaisg, "Thug Melchisedec righ Shaleim a mach aran agus fion," agus searman eile air a' cheann-theagaisg, "Bha duine de na Phairisich d' am b' ainn Nicodemus."

Bha c cho diùid agus nach gabhadh e os làimh air son an t-saoghal searmonachadh ann an eaglais Chille-sguain, ged thug an t-Urramach Niall Mac Phàrlain cuireadh dha ionadh uair. Bha fhios aige nach robh ann féin ach searmonaiche truagh, agus bha eagal air gu rachadh na balaich agus daoine òga a mhagadh air, agus mar sin bhitheadh e a' seachnadh na sgoile agus àitean eile ann am biodh òigradh cruinn.

Ged bha na coimhairsnaich coibhneil ris bha fhios aige gu maith gu robh fhios aca uile nach robh ann ach ministear-maide, ach ged bha sin 'g a ghortachadh bha e 'g a ghortachadh na bu mhotha gu robh e 'n a bhriseadh-dùil agus 'n a bhriseadh-cridhe d'a mhàthair. Mu dheireadh cha rachadh e a mach idir ann an solus an là, air eagal gu'n tachradh daoine air.

### A' bhuille-bhàis

An sin rinn cléireach ann an Dùn-éideann mearachd, cléireach ann an 121 Sràid Sheòrais, is chuir mearachd a' chléirich crioch air obair Habacuc Mhic Cuarraig. B'e am mearachd a rinn an cléireach, gu'n do chuir e gun fhios da ann an litir a bha e a' sgriobhadh gu Habacuc, ag iarradh air dol suas Sàbaid gu Bun-ilidh, litir eile a fhuair e o chléireach-seisein ann an Leòdhais :

"Bhithinn 'n 'ur comain na'n cuireadh sibh thugainn ministear a ghabhdh àite a' mhinisteir againn féin Sàbaid no dhà, agus e tim. Mur bheil ministear againn a tha freagarrach, dheanadh oilleanach òg feum maith gu leòr. Ach feuchaibh nach curi sibh thugainn Habacuc Mac Cuarraig. Ma thig esan bu cho maith an eaglais a bhi dùinte; tha sinn seachd sgith de Nicodemus."

\* \* \* \* \*

Cha do sheas e ann an cùbaid riamh 'n a dhéidh sud. Cha mhò a rachadh e a mach

as an tigh, no dh' fhanadh e anns a' chitsin an uair a rachadh coigrich a steach. Ach ged nach robh e a' dol a mach a shearmonachadh cha leigeadh a mhàthair leis colair ministeur no aodach ministeur a chur dheth; air uairean ann an ciaradh an fheasgair dh' fhaodadh tu fhaicinn a' sraideamachd leis fein air beulaibh an doruis agus còta fada dubh

## Aig an

### Lachlann Mac Gilleanain

**L**EIG am missionaraidh urramach so dheth La dhreuchd am bliadhna, an déidh seirbhis mhaith agus dhileas a dheanamh ann an eilean Thiriódh mu thrí bliadhna deug air fhichead. Bha e ann an àite no dhà mu Thuath m' an do shuidhicheadh e ann an eilean a dhùthchais, ach b' e obair ann an Tiriódh fior obair a bheatha.

Ged tha e air a ràdh nach 'eil urram air a thoirt do fhàidhean 'n an dùthaiich fein cha robh am facial sin fior a thaobh Lachlann Mbic Gilleanain, oir bha meas mór air am measg a dhaoine fein, is thug muinntir an eilein dha an t-urram sin a bhuineas daonnan do sheirbhisich an Tighearna a tha dùrachdach 'n an obair, iriosal is bàigheil 'n an nàdur, agus faicilleach 'n an caitheamh-beatha.

Bha làithean maith agus làithean donaig eaglais na h-Alba ann an Tiriódh, ach bha e 'n a chomhfhurtachd do muinntir na h-eaglais, aig an tigh agus bho 'n tigh, anns na droch làithean anns an robh cor na h-eaglais gu maith iosal, fhiros a bhi aca gu robh a h-ursannan air an cumail suas le dithis dhaoine clùiteach anns an robh dilseachd agus taic, Lachlann Mór agus Eòghan Mór, an dàra fear ann an Còrnáig agus am fear eile anns a' Chaolas, agus iad le chéile 'n am foirbhich ann an Circe-pol. B'e an dithis ud na pearsonan-eaglais a bu ghasda a b' aithne dhòmh-sa anns an eilean ri mo linn.

Bha Lachlann Mac Gilleanain a shearmonaiche maith an Gàidhlig, is dh' éisdeadh am mór-shluagh ris riamh le tlachd, ach na b' fheàrr na sin bha e 'n a duine maith agus 'n a dhuine glic, faireachail an àm trioblaid, agus faicilleach agus tosdach 'n a dhol a mach agus 'n a theachd a steach am measg an t-sluaigh. B' aithne dha faire a chur air a bheul agus dorus a bhilean a gheildheadh, rud fiachail ann am missionaraidh no ann am ministear.

A thuilleadh air tälantán a bli aige a bha feumail d'a dhreuchd bha Lachlann Mac Gilleanain 'n a dhuine còir, seanchasail, ris am b' fhiach dhuit éisdeachd 'nuair a thòisich-eadh e air nithean nuadh agus sean a tharradh a mach as a chuimhne làdir, agus air

air is ad àrd chruidh air a cheann. Shiubhail e m' an do ráinig e dà fhichead, ach ged a leòn cruidhas an t-saoghal a chridhe fein agus cridhe a mhàthar, gu là a bhàis bha i ag altrum dòchas gu'm faigheadh e gairm o choimhthionail achor-eigin, agus an sin gu'm faiceadh an saoghal na buadhan iongantach a bha aig Habacuc.

## Uinneig

nithean neònach a thachair air 'n a bheatha innseadh ann an dòigh laghach ábhacach.

Bha e cho-glic agus cho riaghailteach 'n a theagast 's a bha e 'n a bheatha agus 'n a sheanchas; a' roinn aran na beatha ann an cainnt réidh agus le caomhalachd an Tiomnaidh Nuaidh, gun ghainge, agus gun straighlich. Anns an dealachadh thug muinntir an eilein tioldhlacan dha fhéin agus d'a mhnaoi mar chomharradh air a' mheas a tha aca orra, agus air an obair mhaith a rinn e ann an Còrnáig, agus bu mhaith leam-sa mo bhuidheachas fein agus buidheachas mhiniestearan cile a bhuineas do'n eaglais a thoirt dha air an duilleig so.

### Colla agus Tiriódh

No mar bu chòir dhomh a chur, Tiriódh agus Colla, oir chan 'eil ann an Colla an coimeas ri Tiriódh ach an gocean an coimeas ris a' chuthaig.

An toiseach an t-samhráidh bha leabhar beag air a chur a mach mu'n dà eilean so, air a sgrìobhadh le Eachann Dùghallach agus leis an Urramach Eachann Camshron, an dithis a bu fhreagarraiche air a shon as aithne dhomh, oir tha iad le chéile 'n an seanchaidhean barraichte d' an aithne a h-uile clach is iomaire an tir an àraich, is dh' fhaodaimh a ràdh gu bheil iad 'n am bàird cuideachd. Agus is e na bàird na Sàr-mhaitean ann an saoghal nan saoí; chan 'eil ann an càch ach gilleann-bhioran làimh riu. Tha iomadh rud anns an leabhar bheag so a chòrd rium, a chionn gu bheil iad a' dùsgadh seann chuimhneachain 'n am innitinn, ach is e an rud as fheàrr agus as maireann-aiche a tha ann air fad, a' cheud ramn anns a bheil am bàrd a' labhairt mu'n Chàrn Chollach:

Sud thu thall an cois nan caoch-shruth  
'N ailbhian aosd' ri aghaidh sàl—  
Cuspair-ruin nan tonn's nan gaothan  
Bhios ag caonnag riut gach là.

Theaganach gur ann air son nan coigreach a bhios a' dol a mach do Cholla agus do Thiriódh anns an t-samhradh a bha an leabhar so air a dheasachadh, ach bheir e toileachadh agus fiosrachadh do mhòran de naísinn an dà eilean cuideachd, oir tha fiosrachadh ann a chruinnich iad a leabhrachaean eile, o bheul-aithris nan seanairean, agus as an cinn fhéin, nach fhaigh-teadh air dhòigh eile.

Chan 'eil e a' cosd ach tasdan ; b' fhiach an dà mhap agus na dealbhan a tha ann barrachd is tasdan.

### Comh-chruinneachadh Spioradail

Bithidh coinneamhan air an gleidheadh an Srath-Pheofharan le Comh-chruinneachadh Spioradail an taobh Tuath anns an Fhoghar mar is àbhaist, a' tòiseachadh air an t-seachd-amh là fishead de September. Bithidh R. B. Stiubhard anns a' chathair, mar bha e o chionn bhliadhna chan, agus tha dùil gu'm bi na ministearan so a' labhairt,

Canon A. St. John Thorpe, M.A., Bath.  
An t-Urramach F. C. Gibson, M.A.,  
Belfast.

An t-Urramach A. G. W. Macbeath, B.D.

A h-uile là bithidh coinneamh-ùrnuigh air a cumail aig leth-uair an déidh seachd 's a' mhaduinn, agus coinneamhan móra aig aon uair deug, aig trì uairean, agus aig seachd. Ged is ann anns an togail aig Eaglais na h-Alba a bhitheas na coinneamhan air an cumail chan 'eil gnothuch aig eaglais seach a chéile riu ; tha iad fosgalte do na h-uile, agus is e a' chrioch àraidih a tha 's an t-sealladh fàs nan gràs a thighinn air luchd-aideachaiddh ann am bràithreachas an t-soisgeil. Duine air bith leis am bu mhaith dol a dh' ionnsuidh nan coinneamhan so, ma chuireas e fios an àm gu H. W. Oldham, am Baile Dhuthaich, gheibh e gach scèoladh a bhios a dhith air.

Bithidh coinneamhan air son dhaoine òga air an cumail o'n 24<sup>th</sup> là gus an 27<sup>th</sup> là de September. Tha e air iarraidh orra-san uile aig a bheil uigh anns an t-soisgeul agus ann an rioghachd Dhe a bhi ag ùrnuigh gu'm beann-aicheadh Dia na coinneamhan so.

### Daibhidh Mac Mhicheil

Bithidh móran dhaoine anns a' Ghàidhealtachd, agus gu sònruchihte móran mhiniștearan, duilich gu'n do chaochail an t-Urramach Daibhidh Mac Mhicheil, B.D., air a' mhios a chaidh seachad. Bu mhac e do sheana mhiniștear Chreiginnis, a shiubhail ann an 1916, agus bràthair do Dhomchadh Mac Mhicheil a bha aon uair 'n a mhiniștear an Gearasdan Inbhir Lòchaidh, agus a tha a nis an Largo. Bha iad le chéile, agus Niall am bràthair a bha 'n a bhreithearmh anns na h-Innsibh an Ear, air an oileanachadh an Dùn-éideann, agus 'n am fior sgoilearan maith. M' an do leig Daibhidh Mac Mhicheil dheth a dhreuchd bha e mu dheich bliadhna 'n a mhiniștear anns a' Ghearasan, agus roimh sin mu dheich bliadhna ann an Ceylon, ach b' e a' mhiniștrealachd a chiomhlion e anns an Eaglais Ghàidhlig, an Grianraig, bho 1892 gu 1912, a' chuid a b' fheàrr d'a shaothair agus d'a bheatha. Bha meas mór air ann an Grianraig agus bha tàbhachd is dicheall 'n a

obair. Bhithinn air uairean 'g a chluinnntinn amis na làithean ud, agus mi'n am oileanach òg, is tha cuimhne agam fhathast air chò òrdaill 's a bha e air cheann seirbhuis. Bha e 'n a dhùine laghach, bàigheil ri daoine òga gu sònruchihte, agus anabarrach còir 'n a thigh fèin.

### Cruinneachadh-mór Dhùn-éideann

Air a' mhios a chaidh seachad bha maitean bho na h-eaglaisean Criosduidh air feadh an t-saoghal (ach a mhàin o'n eaglais Phàpanaich) cruinn ann an Dùn-éideann a chur an comhairle ri chéile mu *aonachd* eaglais Chriosd, agus mu chuissean eile a bhuineas do chreideamh na h-eaglais, smachd na h-eaglais, riaghlaadh na h-eaglais, agus dreuchd na ministrealachd. Mur tig maith as na coinneamhan sin cha tig cron asda co dhiu, is tha e iomchuidh gu'n abradh eaglaisean ri chéile ann an doigh bhràithreil, "Thigibh a nis, agus tagramaid ri chéile, agus tuigeamaid a chéile, a dh' fheuchainn am faic sinn ciod iad na nithean mu bheil sinn a' còrdadh agus ciod na nithean a tha 'g ar dealachadh." Aig na coinneamhan ud bhitheadh e iomchuidh na facail so a bhi air an sgriobhadh air clàr, agus air an togail suas fa chomhair nan uile.—*Chan 'eil ann am briathran ach briathran fhéin.*

Tha dà fhacal gu sònruchihte air am feum daoine a bhi 'n an eararas, an uair a thòisicheas iad air reusonachadh mu na gnothuichean a bha air am beulaibh an Dùn-éideann, am facial *eaglais* agus am facial *aonachd*. Ciad a thatar a' ciallachadh leis an *eaglais*? Agus ciad a thatar a' ciallachadh le *aonachd*?

Tha móran dhaoine leis am bu mhaith aon eaglais mhór fhaicinn air thalamh, air a cumail ri chéile le bannaibh riaghlaidh agus le bann-aibh creuid, ach tha e ceart gu'm bitheadh fhios aca nach 'eil iarraidh air bith aig móran dhaoine eile air an t-seòrsa aonachd sin. Chan e mhàin nach iarrainn fhéin an seòrsa aonachd sin, ach tha mi an dùil gu'm bitheadh e 'n a chunnart do'n t-saoghal. Tha na leugh mi a dh' eachd-raidh na Criosdachd a' teagast dhomh gur ann anns na làithean anns am bu mhò, agus am bu laidire, agus am b' aonaichte (o'n taobh-a-muigh) an eaglais a b' isle cor na diadhaidheachd. Chan 'eil anns an aonachd chorporra a tha dhith air na dhaione a tha creid-sinn ann an aon eaglais mhór air thalamh ach bruadar faoin; teine-sionnchain a tha cur seachran 'n an cinn. Tha mise a' creidsinn le m' uile chridhe gu bheil an buidheann beag ris an abrar na Bràithrean (no na Quakers), agus am buidheann beag eile ris an abrar Eaglais Shaor na h-Alba na's dlùithe do intinn Chriosd agus do'n Tiomnadh Nuadh na eaglais mhór na Ròimhe ged theirear rithe-sa "an Eaglais Naomh Choitchionn," agus ged theirear riùsan "sgealban eas-aonaichte nach buin idir do'n eaglais choitchionn."



## Mu airgiod

"Cia deacair dhaibh-san aig am bheil saoibhreas dol a steach do rioghachd Dhe? Oir is usa do chàmhàl dol troimh chrò snàthaid na do dhuine saoibhir dol a steach do rioghachd Dhe."—Criod.

BHA mi a' searmonachadh an dé mu'n uach-daran àraidh a dh' fheòraich, "Ciód a ni mi chum gu'n sealbhaich mi a' bheatha mhaircannach?" agus a bha ro dhuilich an uair a dh' iarr Criod air a shaoibhreas uile a thoirt do na bochdan chum gu'm bitheadh ionmhas aige air nèambh. Rinn mi mar a b' fheàrr a b' urrainn mi anns an ùine ghoirid a cheadaich-eas saoghal cabhagach do mhìnistearan an diugh, ach an déidh dhomh eriochnachadh, bha amharus beag 'n am chridhe nach robh mo theagagach cho soilleir's is àbhaist dha a bhith, agus gu'm b' e an t-aobhar nach robh mi fhéin cimteach ciód a bha Criod a' ciallachadh leis an fhacal ud a thubhairt e ris an duine shaoibhir. Agus bha amharus agam cuideachd nach robh aon duine anns a' choimhlثional a' creidsinn gu robh an t-airgiot no an tighinn-a-stigh a bha aca 'g an cumail a mach á rioghachd Dhe, ged bha barrachd airgid aig móran dhiubh na tha agam-sa.

## Ceist dhuilich

An uair a thòisicheas duine air bruidhinn mu airgiot ann an ceangal ris a' bheatha spioradail, no mu theagagach Criod a thaobh airgid, feumaidh e a smuaintean agus a bhriathran a thomhas gu cothromach air eagal gu'n abair e rud nach 'eil Dia ag ràdh, no rud nach 'eil a réir ar tùr nàdurra. Tha ficead sloc anns am faod e tuiteam mur toir e an aire.

Tha seòrsa dhaoine ann a bhios daonnan a' bruidhinn mar gu'm biodh dhaoine bochda na's diadhaidhe na daoine beartach, ach chan 'eil dearbhadh air bith aca gu bheil sin fior. Tha a' cheart uiread ain-diadhaidheachd am measg nan iosal's a tha am measg nan uasal, agus theagamh am barrachd, a chionn gu bheil na bochdan na's liomhoire. An àite a bhi creidsinn gu bheil e 'na bheannachd do dhuine a bhi bochd tha sinn uile a' deanamh ar dìchill 'air bochdann a chumail uainn féin agus o dhaoine eile, is tha sinn cinn teach nach bacadh Dia dhuinn sin a dheanamh. Chan 'eil teaghlaich no sgoil anns an dùthaich anns nach 'eil e air a theagagach do chloinn le am párrantan agus le maighstirean-sgoile gur còir dhaibh a bhi gleusda agus dichiollaich los aran glan a chosnadh dhaibh féin, agus iad féin a chur air aghaidh anns an t-saoghal. A bheil e ceàrr do phàrrantan comhairlean de 'n t-seòrsa

sin a thoirt air an cloinn, no a bheil iad a' dol an aghaidh teagagach Criod? Chan 'eil idir; tha e ceart do'n h-uile duine a' chuid as fheàrr a dhèanamh d'a thàlantán agus d'a chothroman.

## Cor nam bochd

Thubhlairt Keir Hardie nach maireann nach 'eil e furasda do dhuine a bhi 'n a Chriosduidh air punnd Sasunnach's an t-seachdnuin. Mur bheil an fhìrinn uile anns an fhacalsin, tha tomhas dhi ann co dhiu; tha e móran na 's-uea do dhuinc aig a bheil tri cheud not anns a' bhliadhna tighinn beò gu glic agus gu riaghailteach agus gu diadhaidh na tha e do dhuine a tha leth na bliadhna air an déire.

Ann na seann làithean, na làithean anns an robh Criod air thalamh, agus anns an àird an Ear, bha e fada na b' usa do dhuine bochd tighinn beò mar chreutair reusonta agus mar nìhc Dhe na tha e an diugh. Ann an eilean mór Bhreatuinn an diugh e' àite am faigheadh tu duine bochd aig a bheil an t-eòlas agus an gliocas agus an cumhachd a bha aig Socrates, agus aig iomadh fear eile d'a sheòrsa, ged nach robh beò-shlàint chinnteach aca? Chan 'eil iad ann, is chan urrainn iad a bhi ann, oir tha airgid na's feumail ann am beatha dhaoine an diugh na bha e anns an t-seann t-saoghal. Feumar sin a chuinhlmeachadh an uair a bhios sinn a' feuchainn ris na nithean a thubhairt Criod mu airgiot a thuiginn.

## Saoghal ùr

Tha suidheachadh agus cleachdanna an t-saoghal an diugh a' togail ficead ceist a thaobh airgid air nach do smuainch agus nach do labhair Criod riamh, ach bha aon rud a bha e a' faicinn gu soilleir a h-uile là, gu robh an gaol a bha aig daoine air airgid agus air glòir shaoghalta agus comhfhurtachd shaoghalta a' tarruing air falbh an eridheachan o Dhia. Mar sin bha e a' toirt rabhaidh dhaibh gun sgur mu'n chumart anns an robh daoine beartach, agus cia deacair a bha e dhaibh dol a steach do rioghachd Dhe. Cha d' ainmich e riamh an t-suim a dh' fheumas a bhi aig duine m' an abrar "duine beartach" ris, oir bha fhios aige gu'm faod am fear-oibre aig nach 'eil ach dà phunnd 's a crùn 's an

t-seachduin a bhi air a bheò-ghlacadh le sannt agus gaol airgid na's mò na duine eile aig a bheil deich mile 's a' bhliadhna.

### Rioghachd na feòla

Chan e rioghachd Dhe a tha na bochdan ag iarraidh an diugh, no a' mhór-chuideachd de shluagh na dùthcha, ach rioghachd na feòla, toil-inntinn an t-saoghal a tha làthair, is tha gaol aca air airgiot a chionn gur e airgiot an iuchair as luithe a dh' fhosglas dhaibh dorsan na rioghachd sin. Chan fosgail airgid geata rioghachd nèimh, is cha toir e dhaibh-san aig a bheil e an t-sith agus an suaimhneas dhomhair sin amns a bheil beatha an duine, ach fosglaidh e dorsan rioghachdan eile amns am faighear samhladh sonais car greis.

\* \* \* \* \*

Tha rud no dhà amns an naidheachd so nach 'eil idir soilleir. Ged nach "eil e air a ràdh air a cheann gu'n do chuir an duine saoibhir ud cùl ri Criosd, sin am beachd a tha aig daoine am bitheantas, nach do lean e e. Ach faodaidh e bhith gu'n do lean e Criosd ged nach d' aontach e ri mhaoin a roinn am measg nam bochd. Bha deisciobuil eile aig Criosd aig an robh sporan airgid, ach a réir choslais cha d' iarr e orra-san na bha aca a thoirt seachad. Car son a dh' iarr e e air an duine ud? Tha mi an dùil gu'n d' iarr a chionn gu robh e air son a theagasc dha gu'm feum daoine a bhi a' direadh gu bràth amns a' bheatha spioradail.

An uair a dh' fhéòraich an duine, "ciod a ni mi chum gu'n sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach?", cha dubhaint Criosd ris, "Reic na tha agad is thoir do na bochdan e." Is e a thubhaint e, "Coimhead na h-àithntean." Fhreagair an duine, "Chomhid mi iad o m' òige." Ged nach robh e a' tuiginn àirde agus dòimhne lagh an Tighearna chreid Criosd gu'm bu duine maith e, is tha sinn a' leughadh gu'n do ghràdhach e e. Saoilidh mi gu bheil so a' ciallachadh gu robh bann na deisciobuileachd eatorra, agus gu'n abradh Criosd nach e mhàin gu robh e dlùth do rioghachd Dhe ach gu robh e innite. Ach chaidh Criosd air aghaidh is thubhaint e, "Ma's àill leat a bhi coimhlionta reic na tha agad agus roinn air na bochdan e." Chan e a thubuairt e, "Ma's àill leat a' bheatha mhaireannach a sheallbhachadh," ach "ma's àill leat a bhi coimhlionta," —reic na tha agad. Faodaidh gu bheil mi ceàrr, ach tha mi an dùil nach d' iarr Criosd riamh air muinnitir an t-saoghal an eum mu dheireadh so a ghabhail, ach a mhàin air a shluagh féin, agus mar sin gu'm faod mi a ràdh gu robh an duine ud air a theàrnadh eadhon ged bha c duilich nach b' urrainn dha a chuid a roinn ri daoine nach robh fhios aige cò iad.

### Cò iad na bochdan

Ann an làithean nan abstol roinn feedhainn de na deisciobuil an cuiid uile ris na bochdan, ach bha feedhainn eile nach do rinn sin. Chan urrainnear a ràdh an diugh co dhiubbh is e an glicias no an spiocarreachd a thug orra sin a dhèanamh, ach an ceann greis sguireadhl de'n roinn ud. Am bitheadh Criosduidhean an diugh na bu choimhlionta na tha iad na'n tòisicheadh iad air am maoin uile a roinn air na bochdan. Sin ceist nach 'eil furasd a fuasgladh ged a shaoleas cuid gu bheil. Tha e duilich a ràdh cò iad na bochdan, no ciod an dleasdanas a tha aig duine ri bochdan a dh' fhaodadh a chuid a chur gu buil nach còrdadh ris.

Na'n robh ceud punnd Sasunnach agam-sa a dheanainn gu maith as an eugmhais, chumadh a' cheist, cò air an roinninn iad, mo choguis ag oibreachadh fad seachduin. Air an dara taobh dhiom tha an Coirneal; tha dà lùchairt aige agus suas ri trì fishead seirbhiseach, ach tha e ag ràdh gur esan duine as bochda amns an sgireachd, rud a tha fior amns an t-seagh so gu bheil barrachd ainbhigh air na tha air duine eile amns an sgireachd. Ach na'n roinninn mo cheud punnd Sasunnach ris-san cha tigeadh as ach gu rachadh iad ann am pocanna bhancairean air chor-eigin a tha mòran na's beartaiche na mise, air neo gu'm mì-chaiteadh an Coirneal an t-airgid a' losgadh air clearca-fraoch, no ri straighlich eile. Air an taobh eile dhiom tha duine air nach 'eil sgillinn ainbhigh, a chionn nach eil marsanta amns an t-siorramachd a bheir dàil dha, duine leasg gun sgoinn. Na'n roinninn mo cheud punnd Sasunnach ris-san leumadh a chridhe le moit, ach dhèanadh e ris an airgid mar a rinn e ris gach airgid a bha riamh 'n a làmhan; dh' fhalbhadh e leis a' ghaoith agus leis an t-sruth. Mar sin tha mi an dùil gur ann 'n am làmhan féin a bu dòcha an t-airgid a bhi air a chur gu deagh bhuil, agus roinn dheth a ruighinn obair na tròcair agus obair na h-eaglais. Mur bheil airgid air a chur gu deagh bhuil b' fheàrr do duinne gun e bhi aige idir.

\* \* \* \* \*

Na'n robh Criosd air ais ann am Breatainn an diugh, far a bheil laghaunnan 'g an dèanamh leis a' Phàrlamaid a h-uile bliadhna, a' toirt air an duine làdir cuideachadh leis an duine lag, agus a' toirt trian mhaith d' am maoin shaogh-alta o dhaoine beartach chum ullach nam bochd aotramachadh, an iarradh e air neach air bith am measg a luchd-leamhnuinn, "Reic na tha agad de'n t-saoghal agus thoir do na bochdan e." Tha mise an dùil nach iarradh, a chionn nach freagrachd sin air dòighean na dùthcha, ach tha mi cinnteach gu'n iarradh e

oирнн a bhi na 's cruadalaiche na tha sinn, gun eagal a bhi oирнн roimh *thomhas* de bhochdaiinn, agus gu'n abradh e ruinn mar a thubhairt Pol,

gur e gaol an airgid freumh gach uile sheòrsa uile; buaireadh agus ribe a bhàthas daoine ann am milleadh agus ann an sgrios.

## Anns a' Chathair

**M**AR is sine tha mi a' fas is ann as lugha Ma tha dh' eagal agam roimh an t-seòrsa dhaoine ris an abrar na *sàr-dhaoine*, leithidean H. G. Wells, agus G. B. Shaw, agus Mussolini. An uair a bha mi òg leughainn na bhos an seòrsa dhaoine so ag ràdh mar gu'm b'e an Sgriobtuir a bha agam, oir bha mi an dùil (leis cho àrd 's a bhos iad a' bruidhinn) gu robh iad fada na bu ghlice na mi fhéin. Mar sin dh' éisdinn riu le urram agus le irioslachd, a' gabhail ri 'm briathran agus ri 'm beachdan mar lagh o shuas. Ach cha dèan mi sin an diugh, chan ann (tha mi an dòchas) a chionn gu bheil mi a' fas na's crodas no na's connsپoidiche 'n am sheann aois, ach a chionn gu bheil mi a' faicinn gu'm bi na *sàr-dhaoine* so ag ràdh nithean a tha fada fada na's amaidiche na dad a thubhairt mi féin riamh, agus 'g a ràdh chan ann am feala-dhà ach an da-rìreadh.

### Maitean an Ionnachsachaidh

Bho chionn ghoirid labhair H. G. Wells ri maitean an ionnachsachaidh, a' cur sios air an dòigh a tha clann na dùthcha air an teagast anns na sgoilean, agus ag ràdh gu'n téid an saoghal gu buileach a dhùth mur gabhar dòigh eile. Agus chan 'eil teagamh air bith aige nach 'eil an dòigh cheart aige féin. Bu mhaith leis eachdraidh na h-Alba, agus eachdraidh Breatuinn, agus eachdraidh rioghachdan eile, a bhi air an teagast ann an dòigh nach dùisgeadh fuath no nàimhdeas ann an cridheachan na cloinne do rioghachdan nan coimheachan. Théid a h-uile duine tûrail leis anns a' chuid so, ach tha dòchas agam gu bheil a' mhor-chuid-eachd de luchd-teagaisg 'g a dhèanamh so cheana, agus gur e glé bheag de'n ghamhlás a tha aig rioghachdan d'a chéile a tha air aobharachadh leis an teagast a tha a' chlann a' faotainn anns an sgoil. Ma tha gamhlás 'n an cridheachan idir tha e ag éirigh an déidh làimhe. Tha mi an dùil nach fhiach so a bhi bruidhinn uime, a chionn gu bheil daoine reusonta de'n aon intinn d'a thaobh; bu mhaith leinn air fad gun droch amharus no droch fhaireachduinean a bhi air an cur an ceann cloinne a thaobh nan Gearmailteach no nan Turcach.

### Is mò duine na dòigh

Ach chan 'eil an gnothuch cho furasda 's a tha H. G. Wells a' saoilseinn. Na'n robh esan a' teagast do chloinn mu chogadh nam

Boers theagamh gu'n abradh e riu gu robh Breatunn ceàrr agus na Boers ceart; theireadh maighstir-sgoil eile gu robh na Boers ceàrr agus Breatunn ceart. Ciod a tha so a' ciallachadh? Tha nach e olcas na *dòighe* anns a bheil eachdraidh air a teagast anns na sgoilean cridhe na cuise idir, ach an *duine*. Chan 'eil ann an dòigh ach dòigh fhéin; is mò am fear-teagaing na 'n dòigh. Is e so, mata, a tha seanchas H. G. Wells a' tighinn chuige, gu'm bu mhaith leis a bheachdan féin air eachdraidh an t-saoghal, agus cuisean na rioghachd, agus beatha dhaoine, a bhi air an cur am beul mhaighstirean-sgoile uile. Rud ris an abradh mu sheana charaid, Euclid, clach-mhullaich na mi-chéille. Air mo shon féin dheth bhithinn car coma co dhùibh a ghabhadh maighstir-sgoil taobh nam Boers no taobh nam Breatunnach, oir tha comas aig cloinn nach 'eil eadhon aig na tunnagan air teagast a chraothadh bhàrr an droma.

### Teagast a' Bhiobuill

Cha toigh leis an doigh anns a' bheil am Biobull air a theagast anns na sgoilean, gu sònruichte an Seann Tiomnadh, is thoir misgeadh e a' chuid mhór dheth a bhi air a theagast idir, na'm faodadh e. Thubhairt e gu bheil eachdraidh nan Iudhach air a h-innseadh anns a' Bhiobull 'n a leithid de dhòigh 's gu'n saoileadh tu gu robh Palestin 'n a àite mór agus 'n a àite comharrachte ann am beatha an t-saoghal, is thubhairt e nach bu chòir sin a bhi air a chur an ceann na cloinne, a chionn nach 'eil falac firinn ann. Nach 'eil? Tha barrachd firinn ann na tha esan an dùil. Tha e ag ràdh nach do thòisich dad as fhiach a bhi bruidhinn air ann am Palestin riamh, agus nach mò a thug na h-Iudhaich obair mhór gu ire no finid riamh. Agus gus an tuilleadh tàmaitl a chur orra, agus a bhriathran féin fhìreanachadh, tha e ag ràdh nach bu mhotha teampull Sholaimh na iomadh sabhal!

Ciod a theirear ris na nithean sin? Their mise co dhùi nach 'eil H. G. Wells a' tomhas dhùthchanna, no an eachdraidh, le toimhsean ceart. Ged is beag Palestin, agus ged is mór Russia, bha agus tha buaidh aig Palestin air beatha agus air cursa an t-saoghal nach robh riamh aig Russia. Ged is beag a' Ghréig, agus ged is mór China, thug a' Ghréig dileab do'n chinne-daonna nach d' fhuaras a China.

Chan ann a réir am meudachd, no neart an armailtean, no ionnmhoireachd an sluaigh, a bu chòir dhuinn dùthchanna a mheas, ach a réir na coinnle a tha lasadh annta, agus an fhírin agus an solus a tha iad a' leigeil a mach. Agus ciod air bith a their H. G. Wells, thainig solus á Palestin a shoillseach an saoghal gu léir, solus agus firinn nach mùchar gu bràth.

### Sgeulachdan facine

Ach cha tàinig *science*, no *economics*, no *biology*, á teampull Sholaimh, na trì eolais anns a bheil H. G. Wells a' creidsinn gu mór mar chungaidhean-leighis air uile thinneasan a' chinne-daonna, agus a chionn nach tainig, tha e an dùil nach fhiach Ierusalem, no Bethlehem, no teampull Sholaimh, no deòir agus aislingean Dhaibhidh, a bhi air an cumail air chuimhne. Mar is luithe a sguirear, tha e ag ràdh, de na faoin-sgeulachdan a gheibhearr anns a' Bhiobull a theagast do'n chloinn, is ann as fheàrr; sgeulachdan gun bhun gun bhàrr mu chruthachadh an t-saoghal, mu'n tuil, mu thuiteam mhic an duine, mu Mhaois, mu Abraham, mu na h-Iudhaich mar shluagh taghta. Faoin-sgeulachdan sheana mhathann! sin a their H. G. Wells ri eachdraidh a' Bhiobuill. Ach ged nach 'eil esan no an fheadhainn eile a labhair aig còmhdbail na *British Association* 'g a shaolsinn tha barrachd de 'n fhìrinn a tha siorriuidh agus de 'n t-solus anns a bheil *beatha* ann an naidheachdan a' Bhiobuill mu na h-Iudhaich na tha anns na h-òraidean móra fada a tha air an liubhairt a h-uile bliadhna air beulaibh na *British Association*. Dìchuimhnichear òraíd H. G. Wells féin ann an seachduin no dha, ach na naidheachan air an robh e a' magadh mar sgeulachdan faoine, mairidh iad gu bràth, is bithidh iomradh air teampull Sholaimh anns na sgoilean an uair nach bi iomradh air Wembley no air Seachd Ionadh-naidhean an t-saoghal.

### Eachdraidh a' chruthachaidh

Bho chionn bhliadhnaagan sgrìobh H. G. Wells eachdraidh a' chruthachaidh e' fèin, obair mhór anns a bheil uiread eòlais's nach 'eil fhios agam ciamar a chaidh aig aon duine air a chruinneachadh, no ciamar a chaidh aig aon cheann air a ghìulan, ach ged tha mile falas anns a' chunnatas a tha an leabhar sin a tort air obair a' chruthachaidh mu choinneamh gach aon fhacal a tha ann an cunntas a' Bhiobuill, tha am Biobull cho fada air thoiseach air obair H. G. Wells's a tha Shakespeare air thoiseach air Mac Gonigle. Ciod a theireadh tu ri eachdraidh a' chruthachaidh anns nach 'eil Dia uiread agus air ainmeachadh ach gu'n d'fhàgadh a mach aside an aon rud as eudthrom-aiche uile gu léir, ceartcall-màis na h-eachdraidh

uile. Cha do dhichuimhnick am fear a sgrìobh an eachdraidh a tha anns a' Bhiobull gur e Dia a rinn an saoghal, tha e a' töiseachadh air an naidheachd mar so, "An toiseach chruthaich Dia na nèamhan agus an talamh."

Ciod am feum a tha ann do chloinn no do dhaoine móra a bhi geurachadh am fiacan air na facail uamhasach anns a bheil e ag innseadh na naidheachd, *archaeotoic, pterodactyl oligocene, titanotheria, neopippiparion, pithecanthropus*, mur tog iad bhuapa gur e Dia a rinn an saoghal. Is e an fhìrinn nach 'eil H. G. Wells a' creidsinn anns a' Bhiobull, no a' creidsinn gur e falas Dhe a tha ann. Na 'm faigeadh e a dhòigh fèin air a' chloinn a theagast cha bhiodh taobh aige ri Criosd na's mó na ri Mohammed, no ri Confucius, no ri Plato; dh' innseadh e umpa air fad mar bha e féin 'g am faicinn agus 'g an tuigsinn, is leigeadh e leis a' chloinn an roghainn fèin a dheanamh cò an duine no an creideamh a ghabhadh iad 'g an treòrachadh air slighe na beatha. Theagamh gu'n saoil cuid de dhaoine gu bheil so cothromach gu leòr, ach nuair a smuainicheas tu air mionaid no dhà, chi thu nach 'eil ann ach tulla na mì-cheille. Cò an *Criosduidh* a theagaisgeadh ar Creideamh air an doigh sin, no cò am *Mohammedanach* a theagaisgeadh a Chreideamh fèin mar so?

\* \* \* \* \*

Chan 'eil cuspair air an t-saoghal a tha togail barrachd seanchais aig còmhdailean de gach seòrsa an diugh na oileanachadh na cloinne. Tha a dhòigh fèin aig gach duine a labhras, is tha iad uile an dùil gu'm biodh saoghal iù agus saoghal beannachte againn na'n robh an dòigh-san air a gabhlail. Bu mhaith na'm b'fhìor, ach ciod air bith a their thusa, a leugh-adair, their mise gu bheil aon rud a tha iad uile a' dichuimhneachadh, nach ann air *putty* a tha maighstirean-sgoile ag oibreachadh idir ach air rud as ruighne agus as diomhaire na *putty*, spiorad mhic an duine. Tha spiorad mhic an duine coltach ris na seilleanan, a thàirngeas mil à fishead flùr nach saoileadh tu gu bheil mil annta, eadhon as a' bhuaghlan-ruadh fhéin. Tàirngidh spiorad mhic an duine biadh, is neart, is beatha, á aitean neònach. Bho thoiseach an t-saoghal bha na h-inntinnean maithe a' fas agus a neartachadh agus ag abachadh, leò fhéin agus 'n an dòigh fèin, a dh' aindeoin cò a bha 'g an teagast no ciod an dòigh-teagaisg a bha aca. Agus ni na h-inntinnean maithe sin gu bràth; bheir iad mil as a' bhuaghlan-ruadh. Agus air an làimh eile cha bhi anns na seotachan ach seotachan gu bràth ged chuireadh tu H. G. Wells 'g an teagast. Ciod a tha so a' ciallachadh? Tha gur treasa dùthchas na oilean.

# Dotair Rathuaidhe

LE A. M. E.

“Smeòrach cheòlmhor Chloinn Lachlainn, ‘s tric chuir aighean an tighean a’ bhròin.”—

DONNCHADH MAC A’ PHEARSOIN.

**C**HAN aithne dhomh ainnm as iomraitiche am measg nan Garbh-Chrioch agus nan Eileanan is faide ’stigh na ainnm Iain Mhic Lachlainn, a bha ’na bhàrd agus ’na lighiche. Bhuiねadh e do theaghlaich measail Rathuaidhe, an ceann shuas na Marairne. Chaith e a làithean uile ann a bhi frithdealadh air muinntir na dùthcha sin agus nan dùthchannan mu’n cuairt dhi an uair a bhiodh iad am feum leighis. Ged a b’ àrd a chliù mar bhàrd bha e na b’ àirde mar fhear-sgil. An euid de thinneasan air am bheil lighichean èolach, cha rachadh gin ’na aghaidh, agus tha e air a ràdh, ged a chaidh ceudan dhiubh troimh a làmhan, nach do chaill e aon dhiubh riagh. Bha tighearna-fearainn anns an Aird an Iar, an aon de na h-Eileanan Beaga, agus b’ e a chleachdadhbh fios a chur air an Dotair gach uair a bhiodh trioblaid ’na theaghlaich. An uair a thigeadh an t-àm, do’n “aoigh shona” a bhi tilleadh gu tir-mór, rachadh fishead punnd Sasunnach a chur m’ a choinneamh air ceann bùird, ach tha e air a ràdh nach do thog esan riagh ach còig.

Cò a theireadh nach robh ann ach piobaire an aon phuirt, no lighiche nach b’ urrainn cobhair a dheanamh ach a thaobh euid de ghalair? Chan ’eil sin fior, agus cha robh gnè euail-d'a bheil muinntir nan dùthchannan Gàidhealach buailteach air nach robh e air a mheas fad air thoiseach air lighiche ’s am bith eile air an robh iad èolach. Cha b’ urrainn e a’ chaitheamh a leigheas na’ s mò na’ s urrainnear an diugh; ach bha a leithid de chreideas aig an t-slagh chumanta ’na chomasan agus ’na èolás agus gu’m biodh ceal agus frionas orra an uair a shiubhladbh neach leatha an déidh a bhi air fhaircinn leis-san.

Thubhaint aon bhoireannach a bha fuireach aig taobh Loch Suaineart ris, “Chaocháil mo bhràthair-sa, a dhotair, agus cha do rinn sibhse móran feuma dha; eo sam bith có a mholas sibh, cha mhol mo chuideachd-sa sibh, co dhiubh.” Cha do chòrd a’ chainnt so gu ro mhath ris an Dotair. Thionndaidh e agus fhreagair e, “A bhoireannaich, am b’ urrainn dhòmhnsa sgamhan ùr a chur ad bhràthair?”

Aig am eile, bha e a’ frithdealadh air gille òg air an robh an flìuthras, no mar a theirear ris am Beurla, “pleurisy.” Dh’ fhairllich air am bàs a chumail air falbh, agus an uair so a rithisid, bha càirdean is daimhich de’n bharail nach do rinn e na bha ’na chomas. B’ e an fhreagairt a thug e dhaibh, gu ciuin, foidhid-

neach: “Na’ n do chuir sibhse fios ormsa dà latha na bu tràithe tha e glé choltach, fo làimh an Uile-Chumhachdaich, gu’m biodh làithean an diulnaich ghasda air an sineadh. Ach bha an t-eug ’s an dorus air thoiseach ormsa.”

B’ ann mar sin a bha a’ chùis daonnan aig na h-àmannan agus greis ’n an déidh; cha rachadh fios air dotair gus am biodh e ach beag eucomasach dha feum a dheanamh. Bha an sluagh bochd, an lighiche fad air falbh, agus bu duilich iarraidh air tighinn gus am b’ fhior fheudar.

Uair eile, bha an Lighiche Mac Lachlainn a’ feitheamh fad seachduine aig taobh leapa neach àraighe. Chaidh leis gu math aig a’ cheann mu dheireadh agus rinn daimhich fear na trioblaid gàirdeachas. An uair a theann iad ri phàigheadh cha ghabhadh e peighinn uatha, oir, mar a thuirt e féin, bha e a’ meas gu’n robh gu leòir de dhragh aca annsan fad seachduine gun e a nis a bhi cur a làimhe ’n am pòca! Is i an fhìrinn m’ a thimcheall gur gann gu’n gabhadh e duais de sheòrsa sam bith air son a shaothair agus a sgil o dhream nach robh làn mhurrach air a toirt seachad, oir bha e uasal ’na nàdúr agus ’na chleachdaidhean cho math agus a thaobh dùthchais.

Ach an uair a chuirte dorran air, sheasad e a chòir féin gu smachdail. Fóghnaidh dà sgeula bheag a chur soluis air an aomadh so, agus tha iad le chéile á Aird-nam-murchann. Bha e a’ freasdal air boirreannach òg an Roinn na dùthcha a bha a’ sioladh ás le caitheamh. Aig iarrtus a muinntir, dh’ fhan e leatha ochd no naoi de làithean gus an d’ thàinig a’ chrioch oirre. Bha a cuideachd air dheagh dhòigh, co dhiubh aon d’ a bràithrean a bha gun phòsadh agus aig an robh tigh-òsda a bha a’ deanamh gu math, ged nach b’ ann an Roinn Aird-nam-murchann. Goirid an déidh an tiódh-lacaidh thachair an gille òg so air an Dotair an tigh-na-postachd an Cille-chòmhaghain, agus dh’ fharraid e dheth gu spraiceil dé a bha aige ri thoirt dha air son a bhi timcheall air a phiuthair. Cha do chòrd dòigh mhìomhail an lascaire ris an fhear eile, agus a bharrachd air sin, cha robh e ro bhuidheach de’n chàramh a fhuair e o’n teaghlaich ré na h-ùine bha e leò. Chuir e eagar an cluais fear-na-postachd, agus sgrìobh an duine sin cunnatas air son sheachd puinnd Shasunnach. Sheall ‘an t-òsdair òg air a’ chrioman paipeir, agus thubh-

airt e : “ Is e airgiod a nasgaidh a tha sibh ag iarraidh, oir cha do rinn sibh fiach tasdain a dh’ fheum do m’ phiuthair-sa.” Leum an Dotair air a bhonn. “ Thoir dhomh an cuntas sin air ais,” ars’ esan, “ agus dùblaichidh mi e.” Chaidh an t-airgiod a shineadh thairis agus cha robh an còrr m'a dhéidhinn.

Bha Iain Caimbeul ’na mharsanta cothromach air taobh tuath Aird-nam-murchann, agus bha ainnm aige a bhi gu math stòrasach. Cha robh e pòsda, ach bha piuthar a’ gleidheadh tighe leis. Bha e féin agus Dotair Rathuaidhe glé eòlach air a chéile, agus, eada feala-dhà is da-rireadh, bhiodh iad gu minig a’ cònsachadh mu na h-Eaglaisean. Bha an Dotair dileas do'n Eaglais Stéidhichte agus bha am fear eile ’na phosta làdir’s an Eaglais Shaoir, a bha’s an àm air ùr thighinn a mach. Ghabh Iain Caimbeul droch fhuaichd, agus chaidh dithis de dhaoine òga a chur air falbh a dh’ fheuchainn am faigheadh iad greim air an Dotair Ruadh, oir bha e daonnan cho trang is nach biodh e furasda, ach ainneamh, fhaighinn aig an tigh. Fhuaireadh e, co dhíubh, agus bha e air a threòrachadh le solus lanntair thar còig mile de mhonadh garbh gun rathad oir bha an oidhche air tuiteam. A h-uile uair a dheanadh an Dotair tuisleadh theireadh e ri chuid ghlilean, “ Sud punnd Sasunnach eile air fear an t-siucair ’s an tombaca ! ” Bha e cho math ri fhacal. Thuislich e ochd uairean, agus b’ fheudar do Iain Caimbeul bochd pàigheadh ’g a rèir ! Cha robh a shùil an déidh an airgid, oir rinn an Dotair a leigheas gu grad.

Cha robh uireasbhuidh a bhiodh air neach a thaobh slàinte nach robh esan murraich air a leigheas, nan creidte na bha air a ràdh m'a thimchioll, agus chan ’eil teagamh nach robh e sònruichte sgileil an cuid de dh’ eucailean. Bha e de làndur suairce, ceanalta, agus, eadhon an uair a ghabhadh e beagan thar na còrach de’n deoch bhuaireasach, cha robh e crosda no tuaireabach. Shuidheadh e fad feasgair le seann daoine tlachdmhor aig am biadh rud-eigin tuigseach ri innseadh ; agus bi daonnan a bheatha am measg nam maithcean agus nam fליתean, oir bhuineadh e féin do na h-uaislean.

Chuala mi iomadh naidheachd thaitneach

uime a thaobh nan nithean so, agus mu'n t-saothair a ghabhadh e gu faireachduinn dhaoine bochda a chumail o thàmait. Bha e air uairibh am feum euid-na-h-oidhche a shireadh far am biodh e a’ feitheamh air aon a bhiodh an trioblaid. An àite cuireadh a ghabhail o mhuiinnfir a bha an deagh inbhe agus an deagh chothrom, b’ e a chealachdadh fuireach air dhòigh air chor-éigin leis an duine thinn ; ach an uair a bhiodh a ghnothach ’s a’ bhothoan bheag seachad, rachadh e an sin ré oidhche no dhà do aon de na fàrdaichean maiseach a bha daonnan fosgalte dha araon air sgàth a dhreuchd agus air sgàth a chliù. An uair a bhiodh e ’s an fhasdail shuaraich chaidileadh e gu suaineach air leaba-ùrlair no an cùileig sam bith a bhiodh freagarrach ; ach am measg a leithidean eile féin, bha e air a mheas airidh air na seòmraichean bu ghasda a ghabhadh eur ’na thairgse.

Ged a bha e gun mhaoi no dlùth bhana-charaid, agus ged a bha e cho tric air falbh o aon dachaидh a bha aige, bha e anabarrach speisealta ’na dhòighean agus bu chaomh leis an còmhnuidh a bhi air a dheagh sgeudachach. Bha léinteán “ caola, geala ” ro phasant a’ linn-san, agus bha e air a ràdh nach facas ach ainneamh riamh spot no smal air a bhroilleach anairt no air a bhannan-dùirn.

Thubhairt mi an uiread so mu'n Dotair Ruadh mar lighiche, agus sheachainn mi cho fad ’s a b’urrainn dhomh fiosrachadh sam bith a chuireadh cheana an clò. Sgriobh an Dotair Eoghan C. Mac Gill-Iosa nach maireann móran m'a thimchioll, agus cho fad ’s is aithne dhomh, chan ’eil dad ’s an eachdraidh a thug é seachad ach an fhìrinn. Tha na thuitr esan air a thoirt mar roimh-ràdh do'n dara clò-bhualadh a rinneadh air bàrdachd Mhic Lachlainn o chionn dlùth air tri-fichead bliadhna. Tha an sgeul aig Mac Gill-Iosa snasail ri leughadh, agus bu cheutach an gnothach na'n robh e air a thoirt mach as ùr maille ris na dànaibh milis ris a bheil e cheana ceangailte. Rinneadh cumha a tha grinn an cainnt, agus dealasach am bàrdachd, do Dhotair Rathuaidhe leis a’ Mharairneach chomasach, Mr. Donnchadh Mac a’ Pearsoin, a rinn imrich do Australia beagan tìne an déidh dha na rannan ud a chur ri chéile. Gheibhear iad an cul an leabhair aig Mac Gill-Iosa.

## An t-òr-Cheard

LE NIALL MAC-AN-TUAIRNEIR, F.R.H.S., LOCH PORTAIN, AN UIDHIST-A-TUATH

MAR dhearbhadh soilleir air cumhachd na cogais bheir mi dhuibh sgeul beag firinneach, agus ged tha àireamh mhór bhliadhna chan o na thachair e, gidheadh tha mi an dòchas

gu ’m bi e chum buannachd do ar luchd-leughaidh.

Bha òr-cheard ann am baile àraighe ann an Sasunn, agus chuir e suas bùth anns an robh e

a' cumail gach obair-òir a bha freagarrach air son gach àrd agus iosal, agus mar an ceudna clachan-luachmhor agus seudan de gach gné. Bha e 'n a dhuine còir, ionraic, agus measail am beachd gach neach a chuir eòlas air. Air dha a bhi cùramach agus glie, dh' fhàs e 'na dhuine saibhir, agus bha an saoghal a' soir-bheachadh gu math leis. Cha do phòs e riamh, agus air dha a bhi gun teaghlaich, agus pailteas aige, maille ri cridhe fialaidh, truacanta, bha e ainmeil air son a mhaiteis do na bochdaibh, agus air son a bhi roinn a mhaoin a ghiùlan air aghaidh gach gnìomh seirceil. Mu dheireadh thàinig briseadh air a shlàinte, agus rùnaich e dol a dh' ionsuidh tobar àraidh a bha ainmeil air son a bhuidhan gus a' ghnè eulsaint a bha airson a leigheas. Bha an tobar astar mór o'n bhaile anns an robh an duine còir so a' fuireach. Rinn e deas gu falbh; dh' fhàg e a' bhùth air cùram luchd-ceirde dileas a bha ag obair aige, agus dh' fhàlbh e air muin eich. Thug e leis bocsa làn de na seudan bu luachmhoire a bha 'na bhùth, a b' fhiach na miltean punnd airgid; agus thuarasdalaich e gille tapaïdh a thachair air, chum am bocsa a ghiùlan. A thuilleadh air na seudan, thug e leis mòran airgid, gun fhios nach cuireadh e feum air mu'm pilleadh e dhachaidh.

An déidh a bhi làithean air falbh, agus a' dol troimh ioma baile agus machair, bha iad a' faotuinn gu gasda air an aghaidh, agus bha 'n t-slighe a deagh-chòrdadh ris an òr-cheard. Air là àraidh, bha an rathad mór air an robh iad agimeachd 'g an trèorachadh thairis air àitean monadail, aonaranach, far an robh lochan, agus garbhlaichean fiadhaich. Dh' inndrinn an droch spiorad ainn an eridhe a' ghille a bha giùlan a' bhocs, agus aig ionad uaigneach àraidh, ri taobh loch dorcha, thairis air an robh beanntan àrda mar dhubbh neul a' tilgeadh am faileis, ghrad rùnaich e a mhaighstir a mhortadh, agus e féin a thoirt as le a mhaoin. Aig a' cheart àm thàinig a mhaighstir as an dìollaid, a bheachdachadh air gach sealladh mu 'n cuairt, agus a thoirt cothrom do'n each gréim iteadh ri taobh an rathaid.

Ghabh an scirbhiseach eruaidh-chridheach fàth air a mhaighstir, agus bhual e sgian mhór a bha 'na fhocair troimh chridhe an duine chòir! Bha e marbh ann am priobadh na sùla; ghrad thug am mortair an t-airgiot dheth; lion e pòcaidean a' chota-mhóir le clachan; thilg e an corp 's an loch; rinn e gréim air a' bhocs agus air an each, agus ann an trè mionaidean ghabh e an t-slighe.

Chaidh an duine truagh so dh' ionsuidh àite iomallach de'n tir, far an do thòisich e air malairt, agus far nach robh fios aig neach sam bith mu aon ni a thachair. An toiseach bha e a' reiceadh obair-chruadhach, agus

nithean air bheag luach, chum nach gabhadh duine amharus mu thimchioll. Mar so bha e dol air aghaidh bliadhna an déidh bliadhna, a chuid 's a chuid, gus an d' éirich e gu àrd-inbhe 'na cheird. Cha do smaoinin neach air bith nach robh a shoirbheachadh a' sruthadh o'n diechioll a bha e a' gnàthachadh 'na cheird féin, an uair a bha esan le mór sheòltachd a giùlan air aghaidh le bathar luachmhor an duine sin a mhort e. Bha e cùramach, measail, agus cricideasach. Phòs e nighean duin-nasail, agus roghnaicheadh e an toiseach gu bhi 'na uachdaran, agus an sin gu bhi 'na àrd-uachdaran 's a' bhaile 's an robh e a' tàmh. Choimhlion e a dhréuchd air sheòl a choisinn mór chliù dha o gach àrd agus iosal. An dà chuid, mar uachdaran agus mår bhreitheamh bha e ro-mheasail ann an sùlibh nan uile, agus bhuanach e mar so ré àireamh bbliadhnaich.

Air là àraidh bha e 'na aite féin 's a' chùirt maille ri breitheamhna eile a' bhaile, agus thugadh a làthair duine gu bhi air fheuchainn air son a mhaighstir féin a mhortadh. Chaidh na fianuisean a tharruing agus a cheasnachadh. Labhair na fir-lagha gu deas-bhriathrach air gach taobh. Chaidh an luchd-deuchainn air leith car tamuill bhig, agus thug iad a mach am binn, gu'n robh am priosach ciontach. Dh' fhan na h-uile 'n an tosd gus an cluinnteadh binn a bhàis air a toirt a mach leis an àrd bhreitheamh. Chaidh mionaid an déidh mionaid seachad; ach cha do għluais am breitheamh. Bha sùilean nan uile a bha làthair a nis suidhichte air, agus chunnaic iad mór ionaguin inntinn air. Bha e 'g atharrachadh dreach, agus a réir coslais, anabarrach neo-shoerach! Mu dheireadh dh' fhàg e àite-suidhe féin; chaidh e sios o bhéinc nam breitheamhna, agus a chum mòr ionghnadh nan uile, sheas e ri taobh an duine thruaigh a bha gu bhi air a dhíteadh. Labhair e am fianuis na cùrite, agus thubhairt e ann am briathraibh soilleir agus sólaimte: "A bhreitheamhna, agus a luchd-eisdeachd gu léir, tha sibh a' faicinn mu choinneann 'ur sùl duine bochd, truagh, ciontach, a tha 'ga thoirt féin suas mar neach a tha toillteanach air peanas a' bhàis a réir lagh Dhe agus dhaoine. Tha sibh a' faicinn creutair na's truaighe agus na's ciontaiche gu mór na 'n duine so a fhaireadh a nis toillteanach air bàs! Is mise an duine! Is mise an creutair aingidh a mhort mo dheagh mhaighstir, agus a cheil an gnìomh eagallach rè dheich bliadhna fichead! Chan 'eil inmleachd agam fantuinn na's faide air mo chlaoïdh le agartas cogais agus feumaidh ceartas a bhi air a dheanamh do m' thaobh am a doigh as follaisiche, a réir mo thoillteanais. Chan 'eil sith ann domh gus an deanar sin. Is e m' iarrtas-sa ceartas fhlaithceanais a

bhi deanta, agus gu'n robh Dia na glòire tròc-airreach ri m' anam."

Chan 'eil e comasach ionghnadh a' phobuill a chur an céill an uair a chual iad an aidmheil a rinn esan a bha 'na bhréitheamh co measail beagan mhionaidhean roimhe sin. Dh' innis e gach ni gu mion mar a mharbh e an t-òrcheard; agus air aideachadh agus air iarrtas

féin thug na breitheamhna a mach binn a chrochaidh maille ris a' chiontach eile. Chuir eadh gu bàs iad aig an aon àm, agus chaidh iad le chéile stigh do shìorruidheachd ag aideachadh toilleannas am binn féin, agus a réir coslais a' creidsinn 's an Ti sin aig a bheil sláinte eadhon do cheann-feadhna nam peacach a ni aithreachas.

## Aig an Uinneig

Màanus Mac Gill-Eathain

**A**IR a' mhios a chaidh seachad chaochail Gàidheal urramach a bhios sinn ag ionndrainn, an t-àrd-sgoilear, Màanus Mac Gill-Eathain, M.A., D.Sc. LL.D., duine foghluimte anns nach robh bòilich no bostruinn.

O'n là a dh' fhág e sgoil bheag anns an eilean Sgitheanach 'n a bhalach òg dhírich e suas air faradh an ionnsachaidh, ceum air cheum, le a thapachd agus a dhùchioll féin, gus mu dhereadh an robh e 'n a dhuine-mór eadhon am measg shàrsgoilearan.

Bha e anabarrach maith air *Mathematics*, is bha e còig bliadhna deug 'n a fhear-euideachaidh aig a' Mhorair Kelvin. Ged bha Kelvin 'n a sgoilear mór cha robh e 'n a fhearteagaig maith; bha e duilich do mhóran de na h-oileanaich a thugissinn, is bha e air a ràdh gur e na gheibheadh iad o Mhàanus Mac Gill-Eathain a bha gu feum dhaibh air là ceasnachadh.

A thuilleadh air a bhi 'n a fhear-cuideachaidh le Kelvin bha e 'n a fhear-oibre còmhla ris cuideachd; le chéile bhiodh iad a' rannsachadh gun sgur nan diomhaireachdan a tha an solus, agus an teas, agus an *electricity*, cuspairean air an do sgriobh Màanus Mac Gill-Eathain iomadh leabhar mór tiugh, leabhrachaean m' am faodar a ràdh mar a thubhairt an t-abstol

Peadar mu litrichean Phoil, "gu bheil euid de nithibh anna a tha do-thuigissinn." Ach ma bha leabhrachaean Mhic Gill-Eathain duilich an tuigissinn cha robh anna ach a, b, c, làimh ri feadhainn a' Mhorair Kelvin.

Bha e dlùth air còig bliadhna fishead na fhear-teagaig air *Electrical Engineering* anns an *Royal Technical College*, an Glaschu, agus anns an t-iùne sin chan e mhàin gu'n do chraobhsgaoil e èolas air feadh na dùthcha ach mheudach e soirbheachadh agus beartas na dùthcha mar an ceudna.

An uair a thòisicheadh air Gàidhlig a theagasc an Oil-thigh Ghlaschu b' e Mànus Mac Gill-Eathain a' cheud fhear-teagaig a bha air a thaghadh, oir a dh' aindeòin a chleamhnais ris an teine-adhair cha do rinn e riamh dearmad air a' Ghàidhlig. Chuir e a mach dà leabhar ghasda mu Litreachas nan Gàidheal, anns an do chruinnich e nithean nuadh agus sean mu bhàird agus mu sgrìobhadair eile.

An uair a bha e air chomas bhithheadh e daonnan air cheann na cuideachd anns na cruinneachaidhean Gàidhealach an Glaschu, oir bha cur-a-mach ann, is bha e bàidheil ri Gàidheil eile cho mhaith ris na Sgitheanaich. Ach bha aon ni nach robh ann, cha robh ràbhart no bostruinn ann, an fhàiling as miosa anns na Gàidheil o'n tigh agus aig an dachaidh.

## Le Mairi Nic an t-saoir, an Lios-mór

MARBHARRAN AIR AN URRAMACH MGR. BELL, MINISTEAR LIOS-MÓR

**T**HA Lios-mór an diugh fo bhròn  
Mu 'n teachdair àillidh thugadh bhuainn;  
'S e bhi 'g ad chàradh anns an uaigh  
Thug sgeula chruaidh ri aithris dhomh.

Car son, ma ta, bhios sinn ri bròn?  
Bha d' fhuil le d' athair a b' fheàrr còir;  
'S nuair ràinig thu an abhainn mhór  
'S ann thug Ichobhah thairis thu.

Bha thu iriosal a'd dhòigh,  
Ceanalt, coibhneil, mar bu chòir;  
'S bho 'n a chaidh thu dhachaidh suas  
Mo thruaigh! cha 'n fhaic sinn tuilleadh thu.

Ach 'n uair thig am buachaille mu 'n cuairt  
A thrusadh dhachaidh a chuid uan,  
Bidh sinn ann am measg an treud  
'S a chaoiadh ri rè cha dealaich sinn.

Bidh sinne sin am measg nan uan  
Ag ionaltradh air rèidhlean uain',  
Far nach cluinn sinn luaidh air bròn  
'S e 'n t-Uan is grian 's is gealach ann,

'S ann an sin a bhios an ceòl  
'Seinn air clàrsaichean a dh' òr,  
Far nach cluinn sinn luaidh air leòn  
'S an t-uan an còimhnuidh taice ruinn.



## Am Foghar

"Féill an fhogharaidh, agus féill a' chruinneachaidh aig deireadh na bliadhna."—ECSODUS xxiii, 16.

IS maith an ni buidheachas a thabhairt do'n Tighearn, agus cliù a thabhairt do aimm an Ti as airde, a tha a' crùnadh na bliadhna le mhaithseas agus a' toirt pailteas bìdh do'n t-saoghal. Tha e ceart gu'm moladh daoine Dia air son cinneas na talmhainn mar a mholas iad e air son thàidhlacan spioradail. Tha Dia a' riaghlaigh anns an t-saoghal nàdurra cho cinn-teach 's a tha e ag oibreachadh anns an t-saoghal spioradail, is chithear a chumhachd agus a mhaithseas air an achadh-bhuana cho maith 's a chithear iad 'n a theampull naomh. An uair a bha an Salmadair a' coiseachd air na h-achaidhean-arbhair anns an Fhoghar, o chionn dà mhile bliadhna, chunnaic e cumhachd agus maithseas Dhe annsta, is sheinn e an laoidh-mholaidh so,

An talamh tha thu fiosrachadh,  
'S 'ga uisgeachadh gu réidh;  
Le abhainn Dhe tha làn de 'n uisg'  
Trom beartach ni thu e.  
Dhaibh arbar tha thu deasachadh,  
Le d' fhreasdal caomha fén;  
'S ag uisgeachadh le pailteas mó  
Nan iomairean gu min.  
Mu'n bhliadhna coron tha thu eur  
Le d' mhaithseas fén a Dhe,  
Tha saill a' silcadh anns gach àit',  
O d' cheumannaibh gu réidh.

A h-uile là, o cheann gu ceann de'n bhliadhna, tha an urning so air a cur suas le miltean dhaoine air thalamh, "Thoir dhuinn ar n-aran làitheil," agus is e am fogharadh bliadhmail freagradh Dhe do'n urning sin. A dh' aindeoin innleachd mhic an duine, agus an t-adhartas a thàinig air an aefhuim leis a bheil e a' treabhadh agus a' buain, tha sinn an diugh fhastadh an urra ri Dia air son ar lòin a cheart cho mór 's a bha Abraham no Iacob. Na'm fàilnicheadh grian, no gaoth, no uisce, cha tigeadh bàrr as an talamh. Air cho inleachdach 's 'ga bheil mac an duine, an uair a chuireas e an siol anns an talamh, chan urrainn e an còrr a dheanamh; feumaidh e feitheamh le foidhidh-inn ri Dia. Is e cumhachd Dhe a mhàin a bheir fàs agus toradh.

Tha maithseas Dhe mar gu'm biodh abhainn mhór a' ruith troimh 'n t-saoghal, ach tha an abhainn a' gluasad cho sèimh's nach 'eil sinn mothachail oirre, no a' toirt aire. Tha earrach agus foghar, samhradh agus geomhradh, a' tighinn cho cinn-teach 'n an àm fén, ag oibreachadh toil an Uile-chumhachdaich cho réidh,

òrdail, 's nach 'eil iad a' cur ionghnaidh air bith oirrn. Tha sinn a' tuiteam 'n ar cadal air chor agus nach 'eil sinn a' faicinn no a' cluinniunn bearta iongantach Dhe. Ach tha Dia dlùth dhuinn an còmhnuidh, a cheart cho dlùth 's a bha e do Mhaois an uair a chumaic e am preas a' lasadh le teine. Bho gach achadh-buana an àm an Fhoghair tha an guth so a' tighinn g' ar n-ionnsuidh, "Feuch tha mise maille ribh."

Tha gach dias a chromas a ceann le cudthrom a toraidh ag innseadh dhuinn nach do dhìch-uimhlich ar n-Athair air nèamh a chlann air an talamh.

Tha am Foghar a' teagasg iomadh leasan dhuinn, ach tha e gu sònruichte a' gairm oirnn an Tighearn a mboladh. Tha sinn uile deas gu bhi a gearan, agus ma's fior na thatar ag ràdh, chan 'eil daoine air thalamh as gearanaiche na tuathanaich. Theagamh gur e an t-aobhar, gu bheil iad cho buileach an eisiomail na side, agus gu bheil sid na dùthcha so neo-chinnteach agus neo-sheasmhach. Ach thig an là maith ma dh' fhanas an droch dhuine ris. Ciod is fhiach ar n-earbsa ann an Dia ma bheir seachduin fliuch anns an Fhoghar bhuainn i? Cha do chuir an gearan cruach a bharrachd riamh 's an iodhlainn, agus cha mhò a chunnaic mi riamh gu robh na tuathanaich a chaill am faidhidh agus a thòisich air eur a stigh air an t-Sabaid air thoiseach air a cheann mu dheireadh. Is toigh le Dia daoine nach gearain air an t-sid, no air a fhreasdal fén; daoine creidmheach a tha coltach ris an t-seann fhàidh a labhair na briathran air a bheil an laoidh so air a stéidheachadh :

Chaoiadh ged nach toir crann fige blàth  
'S nach fàs air fion-chrann meas,  
Saothair a' chroinn-olaidh ged a thréig,  
'S fàs déis gun bhi air slios;  
Gach treud o'n mhainnir ged a bhuail  
Grad fhuaithas 'nuair nach saoil,  
Greigh ged nach d' fhàg an t-Earrach cruidh  
No bò air uachdar raoin;  
Gidheadh 's an Triath bidh mise ait,  
Is ni mi uайл 'n a ghràdh,  
Mór aoibhneas ni mi ann am Dia  
'S e Dia mo shláint' gu bràth.

Sin agad, a leughadair, creideamh as fhiach creideamh a ràdh ris, agus a dh' aindeoin ciod a theirear 'na aghaidh, is e an intinn agus an creideamh so a bheir buaidh air an t-saoghal.

An uair a bhios sinn a' toirt buidheachais do Dia air son an fhoghair bu chòir dhuinn na

bochdan a chuimhneachadh. Chan 'eil dòigh eile anns an fheàrr dhuinn ar taingealachd a nochdad, agus is toigh le Dia a shluagh a bhi cuimhneach air na bochdan. Na'n stadadh an eaglais de bhi frithealadh do bhochdan agus do bhantraichean chailleadh an diadhaidhreachd a maise. Is móid rud a roinn.

An uair a ruigear November tha am Foghar thairis is tha a' bhliadhna a' tarruing gu erich; a' cur 'n ar cuimhne gu bheil bliadhnaeachan ar beatha a' dol seachad gu luath. "Ged is fhada an latha gu h-oidhche," théid an là as fhaide seachad, agus thig an oidhche is críochnaichear

ar n-obair. A bheil sinn 'ga chuimhneachadh sin? Thugamaid an aire gu'n dean sinn feum maith de'n àm a tha làthair oir tha an t-am ri teachd neo-chinnteach. "Feuch, a nis an t-àm taitneach; feuch, a nis, là na slàinte."

"*An uair a bhithreas iùine agam—*"

"*Tha e a' suidheachadh là àraidi, ag ràdh, an diugh—*"

"*Am feadh a bha iad à dol a cheannach, thàinig am fear nuadh-pòsda*"

"*Chaidh iadsan a bha ullamh a steach, agus dhruideadh an dorus.*"

## An Lighiche Mac Lachlainn

LE A. M. E.

**B**HA an Lighiche Iain Mac Lachlainn 'na bhàrd barraichte, agus chuir e ri chéile na h-uiread de luinneagan agus de dhàin a tha ann am meas na's àirde an diugh na bha iad eadhon aig an àm 's an do rinneadh iad. Tha iad taitneach thar a' chumantais, ach chan abair sinn gu'n gluais iad intinnean dhaoine echo mó'r 's a ni an obair aig cuid de na bàrdaibh eile a choisinn ainm air feadh na Gàidhealtachd.

Co ann a tha na h-òrain aig Iain Mac Lachlainn a' tighinn geàrr? Chan ann an rogha cainnte no an deas-bhriathrachd de shéorsa 'sam bithe; chan ann an géiread smaointeann 'no am feallsanachd a thaobh nithean coitcheann na beatha, agus idir chan ann an sealadh soilleir air a' mhath agus air an olc am beatha mhic an duine. Tha iad a' tuiteam goirid air an stàidealachd sin air an do ràinig "Cead Deireannach nam Beann," aig Donnchadh Bàn, agus "Moladh Móraige," aig Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, chan ann a chionn nach 'eil an cainnt a cheart cho ceilearach, an Gàidhlig a cheart cho cothromach, agus an gleusan a cheart cho diongmhalta, ach do bhrigh gu'm bheil am breithneachadh a tha iad a' nochdad na's dlùithe air comasan dheagh sgeulaiche na air euchdan foghainteach nan diulnach a dh' ainmich mi. Chan eagal nach robh an dotair tàlantach an taghadh fhacal agus anabarrach ceirdeil ann a bhi 'gan cur an eagaibh a chéile, ach bha aignidhean air uairibh mall ann a bhi cur àirde air maise nàduir. Annas na duanagan gaoil a dheilbh e, bha e cèirdeil, cuimhir, ach eadhon anna so bha e na bu choltaiche ri smeòrach na ri lòn-dubh; na bu choltaiche ri piano na ri òrgan.

Ar leam gur i a' ghnè bhàrdachd anns an do chliuithich e na bu mhò na an gin eile, na h-òrain mhuladach, thùrsach ris an abair sinn cumhachan no marbhroinn. Thòisich e orra so an uair a bha e glé òg, agus b' ann do Shine

Nic Neachdain 's an t-Sàilean Shuaineartach a rinn e, theagamh, an t-aon bu shnasala a rinn e riambah. Tha e a' tòiseachadh leis na facail, "Is uaine 'm fòid o'n d' adhlaic iad;" agus tha e air a ràdh o'n uair 's an do chaochail an ainnir so nach robh e cho èèramach uime féin riambah tuillidh. Bhuiineadh i do Dhonnchadh Mac Neachdain a bha, ré aìreamh bhliadhnaeachan 'na mhinistear measail an sgìreacdh Ath-tharcaille; bi piuthar-athar dha a bha innse.

Faodar aithris 's an dol seachad gu'n deachaidh òrain an dotair a sgrìobhadh agus fhaicinn troimh 'n chlò le Mghr Rob Dòmhnullach a bha 'na mhaighstir-sgoile an Cille-mhoire an Airdnam-murchann. Bha an duine so sònruichte air son bòidhchead a làimh-sgrìobhaidh, agus cha b' ann air a' pheann a b'fheàrr an dotair oir bha beagan de chrith air tighinn 'na mheuran. Ged a bha an Dòmhnullach math air sgrìobhadh agus 'na dheagh sgoilear a réir nòs an àma 's an robh e beò, is coltach nach robh mòran de leabhrachaean aige. B'e m' athair-sa a thug dha féin agus do'n dotair iasad de'n fhaclair aig Mac Leòid agus an Déòrach cho faid 's a bha chléirsneachd a' dol air a h-aghaidh. Bu bheag a b' fheàrr an leabhar an t-iasad ud, oir bha teaghlaich mór aig a' mhaighstir-sgoile, agus mu'n do thilleadh am faclair dhachaidh bha e air a bheurbanachadh gu dona. Tha e agam-sa gus an latha diugh agus, ged a tha e ás an druin an cui'd de àiteachan, chan 'cìl duilleag ga dhith.

Chan 'eil reusan an còrr a ràdh mu thimcheall nan òran aig an dotair a tha cheana an clò, ach, mar a dh'faodar a thuiginn, rinn e na h-uiread nach do chuir e riannah air paippear. Chan 'eil sinn ri thuiginn gu'n robh gin dhiubh amsgaiddh no droch-mheinneach, ach a mhàin gu'n robh iad a' buntainn ri cùisean a bha ionraiteach anns na dùthchannan mu'n cuairt, agus air an aobhar sin, gu'm faodadh beachdan a bhi air an

toirt seachad annnta a chuireadh campar air cuid-eigin. Cha toir mi tarruing ach air a dhà no trì.

O chionn cheud bliadhna, no mar sin, bha a chòmhnuidh an Aird-nam-murchann duin-uasal gasda a bha 'na thuathanach toирteil agus do 'm b' ainn Iain Mac Cholla. B'e Miongairidh a bha aige mar ghabhail. Ged a bha an t-àite mór, eireachdail, agus anabarrach torach chan fhóghnadh sin le Mac Cholla ach gu'm feumadh e taigse a chur air na ceithir bailtean tuatha a bha criochnachadh ri Miongairidh air an taobh an ear. B' iad so Sgìnid, Coire-mhuillinn, Buarblaig, agus Tor-na-mòna. Bha iad a' roinn Beinn Shianta eatorra, maille ri cuid mhath de thalamh ional a bha freagarrach air son àiteachaidh. Chaidh taigse an duine shanntaich a ghabhail. Air an ath Bhealltuinn chaidh na bailtean a chur mu sgaoil, agus an seann luchd-muinntir a chur air allaban, deas is tuath air feadh an t-saoghal. Bha gniomharan de'n t-seòrsa cumanta anns an linn ud ; ach b'e a rinn am fear so dùbailte dona gu'm buineadh Mac Cholla e fèin do Aird-nam-murchann, gu'n do theabadh dall a losgadh an uair a chuireadh na tighean ri theine, agus gu'n robh oinid agus a h-athair a dhìult tighinn am mach air an clachaireachd a stigh 's a bhothan 's an robh iad a' fuireach gus am b' eigin dhaibh gealladh a thoirt nach rachadh iad na b' fhaide an aghaidh an luchd-millidh.

Chuir na cùisean so corruiich air an Dotair Ruadh, agus chuir e a bheachdan mu'n déidhinn an cíell gu h-amasach anns an luinneig aigeantaich ud, "A' direadh a mach ri Beinn Shianta," a chithear 'na h-àite dligheach anns na leabhraichean aige. Rinn e aoir, mar an ceudna, do Mhac Cholla air son a' cheart aobhair, ach cha do chuir e ise an clò, agus chan 'eil i an leabhar 'sam bith fhatheadh. Chan 'eil i mìcheutach dàna am briathran, agus chan 'eil lide intte nach faodadh neach a leughadh 'ga theaghlaich ; gidheadh, is i aoir is cuimsiche am breith agus is leadarra facail air am bheil aithne agam an cànan 'sam bith. Tha i a' guidhe saorghal fada do'n fhearr-brathaidh, ach, an uair a thigeadh am bàs air, gu'n rachadh a chàradh an uaigh air nach cinneadh dad gu bràth 'ach aon no dhà de fhonntain agus de dheanntagan. Bu mhór mì-ghean an dotair an uair a thàinig an fhàistneachd so air a cois gus an dearbh litir.

Am fear a thàinig an aite Mhic Cholla am Miongairidh, bhuineadh e do'n dùthaich cuid-eachd, agus bha còrr is cinneadas 's a chàirdeas a bha eadar e agus an Dotair Ruadh. B'e Seumas Mac Lachlann a b' ainn dha ; duine spraiceil, gasda, nach do rinn coire do neach riamh agus a bu toigh leis na h-uile a bha eòlach air. Bhiadh iomadh ràbhart is fealadh eadar an dithis an uair a thigeadh an dotair Rathad Mhiongaigidh agus, feasgar a bha an sud, thachair iad air a chéile dlùth do thigh an

tuathanaich. Chaidh cuireadh a thoirt seachad 's a ghabhail ; ach an toiseach thuirt an Dotair :

"Tha Bodach na Beinn  
'Na dhuine cho còir ;  
'S e bheireadh dhomh cuireadh  
Le furan gun ghò ;  
Bidh pailteas gun aircceas  
'Ga sgapadh m'a bhòrd,  
'S bu toigh leam a chuid eachd  
Na'n sguireadh e 'n bhòsd !"

Bhiadh aicheamhail ri thoirt a mach leis a' bhata bhuidhe a bha an làimh Sheumais air son a bhi cur bòsd as a leth ; ach b' ann aca fèin a bhiodh an oidhche àbhachdach, gheanail, an déidh sin, a' mènran agus ag innseadh naidh-eachdan.

Uair eile bha am bàrd air a shàruchadh le seann duine a bha de 'n bharail gu'n robh e fèin air thoisearch air Mac Lachlann araon mar fhear-dheanamh rann, agus mar fhear-còmhraigdh. Thachair iad air oidhche shònruichte an tigh caraid anns an t-Sàilein, agus mu'n deachaidh móran àine seachad bha iad an caramh a chéile le géireineachd agus bàrdachd. Cha robh am fear mùgach fada a' faicinn nach robh ann dha ach stréip a' mheasain ris a' mhìol-chù a bhi feuchainn ri tighinn idir mar astar do'n dotair ann an cainnt shnasmhoir a ghearradh mar shiosar. Chan 'eil gin de na rannan agam a rinneadh air an fheasgar ud.

Bha an dotair daonnan mothachail gu'n robh iomadh faillinn fuaithe ris a b'fheàrr dha uaithe, ach chan 'eil sin a' ciallachadh gu'n robh e air chor 'sam bith fuasgalte 'na àbhuistean. Mar a dh'aidicheadh e fèin gu minig eadhon 'na chuid òran, bha e air uairibh buailteach air tuilleadh 'sa chòir a ghabhail de 'n deoch-làidir. Cha do rinn sin coire riagh do neach eile, agus cha deachaidh e riamh timcheall air duine tinn gun a bhi murrach air a ghnothach a dheanamh gu sgoinneil. Ann an t-sàilein a bhi agus 'na chaithe-beatha, agus, a réir gach fiosrachadh a tha againn, bha eagal an Tighearna daonnan fa chomhair a shùl. Cha robh uidh aig am briathran cràbhach gun ghnìomharan àraidiad a bhi 'n an cois. B' ainneamh a rachadh e fèin timcheall air neach a bhiodh an trom thrioblaid gun dol air a ghlùinean dlùth do'n leabaidh chum còmhnuadh aslachadh o'n Uile-chumachdach anns an obair a bha f'a chomhair. Dheanadh e so gu diùid, sgàthach, mar gu'm biodh nàire air daoine bhi 'ga fhaicinn.

Cha b' fear e 's an robh uайл spioradail, ach b' fhearr e a bha gu minig a' toirt fainear gu'm bheil Dia a' riaghlaidh an cùisean tìmeil cho math is anns an fheadhainn sin a bhuineas do'n bhith-bhuantachd. Am measg a chuid òran gheibhearr iomradh an dràsda 'sa rithisid air a' mhùinighinn iriosal a bha aige an àm gàbhaidh 's an Ti ghràsmhor so, agus chan aithne dhomh

bàrd 'sam bith de'n fheadhainn is àirdé cliù, ach a mhàin luchd-deanamh dhànaibh spioradail a tha toirt luaidh na's trice na Dotair Rathuaidhe air a' chliù agus a' chumachd a bhuineas do Chruitear an domhain.

"Iochd, truas, is seirc do'n t-sluagh,"—b' iad so na faireachdainnean a bha daonnan 'na chridhe. Bha e 'g an nochdad gach latha o'n thàinig e gu aois duine ann a bhi freasdal air na feumaich a bha de chloinn na h-easlainte.

## Aig an Uinneig

An t-Urramach A. C. Mac Gill-Eathain

BHA sinn duilich a chluinntinn gu'n do chaochail ministear Chunndainn bho chionn ghoirid. Cha robh a shlàinte ro mhaith bho chionn bhliadhna, is dh' fheumadh e obair a ghabhail gu réidh, air neo a leigeil dheth gu buileach an dràsd agus a ris, ach bha e cho maith am bliadhna 's a bha e bho chionn uinne fhada.

Rugadh e an Ceann Loch, Cille-Chiarain, an 1873 ; bha e air oilleanachadh an Oil-thigh Għlaschu, agus air a shuidheachadh an Loch Raonasa an Arain an 1898, far an do shaothraich e suas ri ochd bliadhna. Dh' fhàg e Loch Raonasa an 1906, is chaithd e do Chunndainn far an do chuir e seachad an còrr de làithean a mhinstrealachd. Dh' fhàg e bantrach 'n a dhéidh, is dithis mhac agus dithis nighean.

Bha e gaolach air a bhi sgriobhadh, an Gàidhlig agus am Beurla, ach cha do sgriobh e dad a bhios air a chumail air chuimhne ; cha bhiodh e a' sgriobhadh ach rudan beaga ann am paipearan an taobh Tuath agus air uairean anns a' Mhìosachan so. Ach bha e 'n a fhior Ghàidheal ; gaolach air cainnt a dhùthcha, agus báidheil ri dhaoine fhéin.

### Cathair Ghàidhlig an Glaschu

Ged tha Gàidhlig air a teagastg an Oil-thigh Għlaschu bho chionn iomadh bliadhna chan 'eil an tuarasdal no an inbhe aig an fhear a tha 'g a teagast a tha aig an fheadhainn a tha a' teagast chànaoinean eile. Mar sin thatar a' deanamh oidhirp an dràsd air an rud so a tha ceàrr a chur ceart, agus "cathair" Ghàidhlig a chur air chois a bhithreas air an aon stéidh ri "caithrichean" eile anns an Oil-thigh. Tha Comunn Oiseanach Oil-thig Għlaschu air dol air cheann a' ghnothuich so, is tha iad air litrichean a chur a mach air feadh na dùthcha, ag iarraidh còig mile fichead punnd Sasunnach air a shon. Is e cléireach a' Chomuinn, Iain Camshron, LL.B., Ph.D., 55, Sràid West Regent, C.2, an Glaschu, is bithidh e anabarrach toilichte ma chuireas neach air bith suim bheag no mhòr chuige a chuideachadh an aobhair so. Na'n robh am fear nach maireann beò, I. S. Blackie, agus cothrum aige dol a dh' ionnsuidd a' Mhòid far am bi Gàidheil agus leth-Għaidheil, Sasunnaich agus Russianaich, a' seinn fad cheithir làithean, "Togaibh i, togaibh i, cànan ar dùthcha,"

nàraicheadh e iad le theangaidh mur toireadh iad dha roinn mhaith de 'n airgiot so air a' cheud iarraidh.

Tha barrachd de sgoilearan òga Gàidhealach an Glaschu na tha ann an Oil-thigh eile an Albainn, is tha e iomchuidh gu'm bitheadh teagastg na Gàidhlig ann an Oil-thigh Għlaschu air a chur air bhonn ceart.

### Tiodhlacadh nam marbh

Ann am Miosachan na h-Eaglais Shoir Chléireachail air a' mhios a chaidh seachad leugh mi beachdan agus earailean mu thiodhlacadh nam marbh a chuir goirisinn 'n am fheòil. Cha robh fhios agam gu robh an seòrsa dhaoine ud anns a' Ghàidhealtachd idir, daoine a tha an aghaidh gairm air ainnm an Tighearna anns a' chladh. Bha mi aig tiodhlacadh an iomadh àite ach cha robh mi riāmh aig tiodhlacadh nach robh ùrnuigh air a deanamh anns a' chladh. Tha am fear a tha a' cur sios air a' chleachdadh dhiadhaidh so mar Phàpanachd neo-sgriobturaill a' labhairt mar gu'm bu chleachdadh ùr e, ach anns a' chuid sin de 'n Ghàidhealtachd is fheàrr as aithne dhòmhsha bha an cleachdadh so ann bho 'n is cuimhne leam, agus bho 'n is cuimhne le daoine as sine na mi ; bhitheadh ministearan daonnan a' deanamh ùrnuigh anns a' chladh aig tiodhlacadh, co dhiu a b' ann do 'n eaglais Stéidhichte, no do 'n Eaglais Shoir, no do na Baistich, no do na h-Independents, a bhuiineadh iad. Agus cha tàinig e riāmh 'n ar n-inntinn gu robh doigh eile air tiodhlacadh a chriochnachadh a bu fhreagarraiche, agus a bu nàdurra, agus a bu shòluimte, agus a bu chaomhaile, na gu'm biodh ùrnuigh air a deanamh aig bruach na h-uaigne. Ach tha an t-Urramach Seumas Mac Leòid, ministear na h-Eaglais Shoir Chléireachail an Grianaig, ag ràdh nach 'eil anns a' chleachdadh ach Pàpanachd sgriosail, agus nach eul e riāmh duine diadhaidh ag ùrnuigh ann an cladh. Och, Och, mo thruaighe an saoghal mur bheil de dhaoine diadhaidh ann ach am beagan nach dean ùrnuigh ann an cladh !

### Tigh na dunach

C' àite a bheil tigh na dunach ? Chan 'eil fhios agam, ach sin an t-àite d'a bheil an saoghal a' dol o chionn iomadh bliadhna. Ann an seanchas ri daoine chan 'eil rud eile as trice a chluinneas tu na gu bheil an saoghal a' dol do

thigh na dunach. A bheil sin fior? Chan 'eil; tha adhartas a' tighinn air am t-saoghal a h-uile gineal, a dh' aindeòn gu bheil a h-uile gineal an dùil gu bheil an té a tha ag éirigh suas 'n a déidh fhéin a' dol air ais.

Cha bu mhaith gu'n tigeadh na seann làithean air ais, na làithean anns an robh daoine air an crochadh air son caora a ghoid, anns an robh seana bhoirionnaich neo-chiontach air an losgadh no air am báthadh a chiomh gu robh amharus buidseachd orra, anns an robh páisdean naoi bliadhna a dh' aois air an eur sìos do thoill-ghual a dh' oibreachadh deich uairean a h-uile là, anns an robh na miltean a' basachadh a h-uile bliadhna le acras is cion, cha bu mhaith gu'n tigeadh na làithean sin air an ais. Tha daoine a cheart cho coibhneil ri chéile an dingh's a bha iad riamh, agus na 's déidheile air

ceartas a thoirt do'n duine iosal agus bhochd. Theagamh nach 'eil iad cho cràbhach o'n taobh-a-muigh 's a bha iad trì fichead bliadhna air ais, ach cha robh ann an cui'd de 'n chràbhadh sin ach fasan, is tha coguisean dhaoine na's géire an diugh na bha iad anns na seann làithean. Ciod is ciall do na laghannan ìra a thatar a' deanamh, a' toirt cothrom do luchd-oibre agus do 'n duine bhochd, ach gu bheil coguis na rioghachd a' fás na 's géire, cho geur 's nach fuiling i ana-cothrom a bhi aig aon duine agus pailteas aig a chomh-earsaich. Tha adhartas a' tighinn air t-saoghal gun teagamh, agus air an diadhaidheachd cuideachd; an àite a bhi dol do thigh na dunach tha an saoghal an diugh 'n a àite-còmhnuidh na's fheàrr do dhaoine reusonta agus caomhail na bha e riamh fhathast.

## Mu theagassg Chriosd

**A**NNS an eaglais Phàpanaich tha e mar Afhiachaibh air daoine am faosaid a dheanamh do'n t-sagart; am peacaidhean uile aideachadh dha gu h-uaigneach los maitheanas fhaotainn. Tha an cleachdadhd so a' fás anns an eaglais Shasunnaich cuideachd; tha àireamh nan daoine a bhios a' deanamh am faosaid do'n t-sagart a' dol am mend gach bliadhna. Is iad so na rannan anns a' Bhiobull air a bheil iad a' stéidheachadh am beachd:

"*Thi mi mar an ceudna ag ràdh riut gur tusa Peadar, agus air a' charraig so togaidh mise m' eaglais; agus cha toir geatachan ifrinn buaidh oirre. Bheir mi dhuit iuchairchean rioghachd nèimh; agus ciod air bith a cheanglas tu air thalamh bitidh e ceangailte air nèamh; agus ciod air bith a dh' fhuasglas tu air thalamh; bitidh e fuasgailte air nèamh.*" (Mata xvi. 18-19.)

"*Ciod air bith a cheanglas sibhse air thalamh bitidh e ceangailte air nèamh; agus ciod air bith a dh' fhuasglas sibhse air thalamh bitidh e fuasgailte air nèamh.*" (Mata xviii. 18.)

"*Agus thubhairt e riu, Gabhaibh-se an Spiorad Naomh. Cò air bith iad d' am maith sibh am peacaidhean tha iad air am maiteadh dhaibh; cò air bith iad d'an cum sibh am peacaidhean gun am maiteadh tha iad air an cumail.*"

(Eoin xx. 22-23.)

Bu mhaith leam, ma ta, na rannan so a mhìn-eachadh. Ciod a thuigeadh na daoine ris an robh Chriosd a' labhairt leis na briathran so? Tha an rud uile gu léir an crochadh ris an dà fhacal, ceangal is fuasgladh, *ciod air bith a cheanglas sibh air thalamh, bitidh e ceangailte air nèamh.* . . . Bha an dà fhacal so air an cleachdadhd ann an seagh sònruichte le seanairean is luchd-lagha nan Iudhach; ann an cainnt an

lagha bha na facail *ceangailte* agus *fuasgailte* co-ionnan ri *ceart* agus *ceàrr*; a' ciallachadh nithean ceadaichte agus nithean toirmisgte. Ma thng Rabbi a mach breith gu robh an ni ud no an ni ud eile ceart, no fior, bha e air a ràdh gu'n *d'fhuasgail* e e; ma thug e breith gu robh e ceàrr, no olc, bha e air a ràdh gu'n *co cheangail* e e. Bhuiteadh an dà fhacal do chainnt an lagha, agus is ann anns an dòigh anns an robh iad air an uisneachadh am measg nan Iudhach a dh' fheumar an gabhall, ma thatar air son Iosa a thuigsinn. Bu mhaith leam an rud a tha mi ag ràdh a shoilleireachadh o litreachas nan Iudhach agus o bheul nan Rabbaidhean fén.

(1) Am faod duine dol air thurus-mara an uair a tha an t-Sàbaid dlùth? Bha sgoil Shammai a' *ceangal* so, ach bha sgoil Hillel 'g a *fhuasgladh*; is e sin r'a ràdh, thòrmisg Shammai an rud is cheadaich Hillel e. (An Talmud.)

(2) Am faodar biorain a thruseadh air là-féille? Bha sgoil Shammai a' *ceangal* so, agus sgoil Hillel 'g a *fhuasgladh*; thòrmisg Shammai e, is cheadaich Hillel e. (An Talmud.)

(3) *Dh' fhuasgail* Rabbi Meir fion is oladh a bhi air am measgadh air son dhaoine tinne air an t-Sàbaid, is e sin r'a ràdh, cheadaich e e.

(4) Ann an laghannan Iudhach, ann an riaghailtean nan Rabbaidhean, agus ann an cainnt an t-sluagh (foghluiinte agus gun fhòghluamh) tha na facail so a' tachairt ort gun sgur anns an t-seagh a dh' ainmich mi, mar so,—

"*Dh' fheòraich e de aon duine glic is cheangail e e: na feòraich dhuine glic eile air eagal gu'm *fuasgail* e e.*"

"*Cha d' fhuasgail iad dhuinn feannag, agus cha do cheangail iad dhuinn caluman.* Tha na daoine glice a' *fuasgladh* gach ni reamhar."

Mar so tha e soilleir gur e bha Chriosd a' ciallachadh leis na briathran a labhair e ri Peadar agus ris na deisciobuil eile,—*ciod air bith a cheanglas no dh' fhuasglas sibh*, gu'm biodh iad air an soillseachadh le gliocas o'n àirde air chor agus gu'm biodh am breith air cùis sam bith co-ionnan ri breith Dhé; no, gus an rud a chur ann an cainnt eile, gu'm faodteadh beachd na h-eaglais air thalamh (a thaobh moraltaochd is diadhaidheachd) a ghabhail mar ghuth Dhé air nèamh. Is mór an rud sin r'a ràdh; bu dàna do neach air bith, eadhon ged bhiodh e'n a abstol, a ghabhail air féin a ràdh gu'n aontaich Dia air nèamh ris gach breith no binn a bheir an eaglais a mach air thalamh 'n a 'ainm. Rud dàna gun teagamh, ach cuimhnich gu bheil geallaidhean móra agus iongantach anns a' Bhiobull a tha dol leis.

(a) *An Spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair ann am ainm-sa, teagaigidh e na h-uile nithean duibh agus treòraichidh e sibh a chum na firinn uile.* (Eoin, xiv., 26.)

(b) *Cha sibhse a labhras ach Spiorad 'ur n-Athar a labhras annaibh.* (Mata, x., 20.)

(c) *Tha agaibhse ungadh o'n Ti Naomh agus is aithne dhuibh na h-uile nithean.* I. (Eoin, ii., 20.)

(d) *Tha esan a tha spioradail a' toirt breith air na h-uile nithean. . . . Tha inninn Chriosd againne.* (I. Corint. ii., 15-16.)

Tha eachdraidh na h-eaglais a' deanamh fianuis gu robh na geallaidhean sin air an coimhlionadh dhith, agus ann am beatha nan abstol. Fo sheòladh an Spioraid Naoimh ghabh an eaglais Chriosduidh oirre féin ann an tùs a tòiseachaidh nithean a *cheangal* a bha an saoghal (is cuirtean eile cuideachd) a' *fuasgladh*, nithean a thoirmearg a bha air an ceadachadh, agus a cheadachadh a bha air an toirmearg, agus tha na linntean a' toirt fianuis gu robh an eaglais, mar bu trice, ceart. Cheadaich i ionadh cleachdadh neo-chiontach a thoirmisg Maois; air an làimh eile thoirmisg i ionadh peacaidh is droch chleachdadh nach robh na h-Iudhaich no na Cinnich a' saoilsinn olc. Thoirmisg i sannt, is uabhar, is mi-rùn, is neonmheasarrachd, ge b'e cò anns am bitheadh iad; dh' àrdach i gràdh, is fireantachd, is bràithreachas, mar na subhailcean as maisiche anns an diadhaidheachd. Ann an so uile, *bha inninn Chriosd aig an eaglais*. Is e an eaglais a sgriobh an Tiomnadh Nuadh, agus tha coguis an t-saoghal a' gabhail ris an leabar sin mar ghuth agus mar Fhacal Dhé, rud a tha dearbhadh gu bheil innint Dhé air a foillseachadh le deanadas is guth na h-eaglais choitchinn; air chor agus gu'm faodar a ràdh gu bheil esan a' sealachadh air nèamh am facal a labhras ise air thalamh.

Is e an cùmhanta air an tachair so, gu bheil an eaglais a' fantuinn ann an co-chomunn Spiorad Dhé. Cho fad agus a dh' fhanas i mar sin, agus a bheir i urram is aoigheachd do'n Spiorad Naomh, treòraichidh e i a chum na firinn; fior agus ceart bithidh a breitheanais. Ach mur bheil i a' fantuinn ann an co-chomunn agus fo theagasg an Spioraid Naoimh cha ruig i leas a bhi an dùil nach tuit i ann am mearachd, no nach toir i a mach breith eucorach. Air uairean tha an eaglais air thalamh a' *ceangal* nithean nach 'eil Dia idir a' *ceangal*; is e an t-aobhar gu bheil i fo riaghlaigh spiorad an t-saoghal an àite a bhi fo riaghlaigh an Spioraid Naoimh.

Co dhiu a tha e ceàrr no ceart do dhuine fhaosaid a dheanamh ri sagart no ministear, no co dhiu a tha còir aig pearsachan eaglais iad féin a chur ann an àite Dhé agus maitheanas peacaidh a thairginn,—chan 'eil sinn a' gabhail gnothuich ris na ceistean sin aig an àm so. Ach aon ni tha cinnteach, nach gabh na beachdan sin a bhi air an stéidheachadh air na h-earrannan so de'n Fhìrinn. Ciod air bith a tha na briathran a' ciallachadh, chan 'eil iad a' teagasg faosaid uaigneach a dheanamh do shagart, no a' toirt do shagartan no do mhinisearan ùghdarras sam bith a thaobh maitheanas peacaidh nach 'eil aig a' chòrr de bhuill na h-eaglais.

Anн дòigh fharsuing is e an fhìrinn a tha air a teagasg anns an rannan so, gur e an Spiorad a tha a' còmhnuidh inti fear-teagaisg is fear-riaghlaidh na h-eaglais; agus gu bheil soillseachadh inti is coguis air a bhuleachadh, chan ann air luchd-dreuchd is oifigich na h-eaglais a mhàin, ach air na creidmhich uile gu léir, a réir am maitheas agus anns an tomas anns a bheil cridheachan glan aca, cridheachan anns am faod an Spiorad fantuinn. Air uairean tha sluagh na h-eaglais air thoisearch air luchd-dreuchd na h-eaglais; an uair a dh' *fhuasglas* an sluagh an rud a tha an sagart no am ministear a' *ceangal*, faodaidh e blith gur e guth an t-sluaign guth Dhé. Ma thòisicheas tu air cumntas cò na daoine a bha 'nam meadhon air saobh-chreideamh is saobh - chràbhadh, air beachdan feàll mu Dha agus mu dhiadhaidheachd fhògradh air falbh, agus beachdan reusonta a chur 'n an àite, chi thu gu robh so air a dheanamh leis na bàird cho tric's a bha e air a dheanamh leis na sagartan, le saighdearan is feallsanaich cho maith ri ministearan is diadhairean. An uair a tha Dia air son adhartas a thoirt air an t-saoghal, cuiridh e smuan ann an cridhe duine air chòreigin; *fuasglaidh* an duine sin an rud a bha an saoghal uile a' *ceangal*, air neo *ceanglaidh* e an rud a bha an saoghal a' *fuasgladh*; uidh ar n-uidh fàsaidh an solus ùr sin, agus lion beag is beag, gabhar ris, gus mu dheireadh am bi oighreachd èolais aig a' chloinn

nach robh aig an aithrichcean. Is e na daoine as urramaiche agus as feumaile anns an t-saoghal, iadsan aig a bheil buadhan a tha air an cleachadh a chum eadar-dhealachadh a chur eadar maith agus ole ; iadsan a tha a' gluasad iad féin ann an saorsa cloinne Dhé agus d' an aithne an co-chreutairean a threòrachadh a steach do'n t-saorsa cheudna.

Chan ann air bhonn faosaid a dheananamh do shagart no do phearsa eaglais a tha mattheanas r'a fhaotainn, ach air bhonn aithreachais an làthair Dhé. Chan 'eil teagamh nach faod e air uairean faochadh a thoirt do choguis chion-

taich aidmheil a dheananamh do cho-chreutair (gu sònruichte do dhuine air an do rinn e cron) ach mur bheil aithreachas fior anns a' chridhe an làthair Dhé chan 'eil feum air bith ann am faosaid. Do bhrigh nach aithne do aon duine ciod a tha ann an cridhe duine eile, bhiodh e dàna dha a ràdh ris, eadhon ged a dh' aidicheadh e a pheacaidhean le déoir, "Ann an ainn an Tighearna Iosa tha mi 'g ad *fhuasgladh* o do chionta." Is e na's urrainn dha a dheananamh air a shon, a threòrachadh gu Iosa, oir is ann aigeannan a mhàin a tha uighdarras peacaidhean a mhaitheadh air thalamh.

## Marbhrann

DO IAIN DÒMHNUILLACH, A BHA 'N A EILDEIR ANN AN SOLAS, AN UIDHIST-A-TUATH, LE  
D. I. MAC DHÙTH-SÌTH, AM MALA CLEIT

**I**S ionadh neach tha 'n diugh fo għruaim  
Ri caoidh a chaomhainn thugadh uainn,  
Bu teare a chítte measg an t-sluaign  
Neach bha cho còir 's cho ionadail.

Thàinig cùram ann 'n a òig'  
'S gach latha soillseachadh le chòir  
De thoradh trom a' chreidimh bhèo  
Bha tigh'inn fo bħlath 's ag abuchadh.

Bha bheatha chiùin o òige nuas  
Na h-eisimpleir am measg an t-sluaign,  
'S eo-dhiu bhiodh saors' a stigh no cruas  
Cha chluinneadh càch a' gearan e.

Bha irioslachd sèimheachd agus stuaim  
Is fialaidheachd nàduir 's móran truavis  
Ri bochdan 's feumaich ionadh uair  
Gu tèo-chridheach 'n ar caraide.

Bu tric e féin aig meadhoin-gràis  
Gu fritheilteach a réir na h-áithn',  
'S an tigh-leughaidh bhitheadh blàths  
Nuair bhiodh e féin na h-suidheachan.  
  
An uair a dh' éireadh e a sheinn  
'S math a chluicheadh e na fuinn,  
Bhiodh a chèol cho milis binn  
A' seinn le guth an t-subhachais.

An ceann na h-ùrnuiġ bha e treun  
A' tagradh dlùth 's gu dian is réidh  
Peacaich thoirt fo bħuaidh na réit'  
A choisinn Criosd 's a cheannaich E.

Air Long an t-Soisgeil bhiodh e għnàth  
A' scoladħ air na tonnan ārd,  
'S ged thigħeadd stoirm chuir geilt air càch  
Bha dhòħċas anns a' Mhaighistir.

'S iad na h-acraichean a b' fheàrr  
A fhuair e féin o 'n Ti a b' āird' ;  
Creideamh, dōchas, agus gràdh,  
'S ri 'n àireamh sud, bha foidhidinn.

Bu ghleusda a làmh-san air an stiùir  
'S math a ruitheadh e a chùrs',  
A' leughadħ Combaist is cairt-iuil  
A fhuair e bho na Cheannard aig'.

Fhuair e mis a' ghairm bho shuas  
Cuireadh chum na dachaidh bhuan  
Gu seilbh an t-sòlais tha bith-bhuan  
'S gu seinn air glòir nam flaitheanas.

Tha e nis gu sàmhach bèo  
'S a' chala mhiannaich e gach lò  
Leis a' mhuinntir shaoirt' an Glòir  
Ri moladh buan 's an ionad ud.

## Mairi

[“Bha an seanchas so air a chur chugam air son nan duilleagan so leis an fhear nach maireann, an t-Urramach A. C. Mac Gill-Eathain, an Cunndainn, is tha e a nis air a thoirt am follais mar chuímh-neachan air.”—Am Fear-deasachaidh.]

**T**HÀ Mairi agus mi fhéin min-eòlach air a cheile a nis. Tha meas mòr aig a mhimisteir air Mairi, agus tha meas air Mairi aig a' mhinisteir. Ach cha b' ann gun fhios a thachair e gu 'n robh urram aig an dithis ud d'a cheile. Cha għabbadħ Mairi ri fear no ri té a bha beó ach air aon dòigh. No theagamh gu'n robh dà dhòigh. Fear no bean, òg no sean, bochd no

bearteach, cha chuala Mairi riamh an guth gun fuasgladh no cobhair a dheananamh orra. Bha Mairi mór ann am pearsa, agus bha a cridhe cho mórr a' pearsa. Co dhiu a bha an t-easbħuidheach għic no amaideach dheananad i fuasgladh na'm b' urrainn dhi aig an am ; ach na'n robh an t-easbħuidheach bochd da rīreadh am feum, moch agus fad an latha, bhitheadh rùn air a

eridhie, agus bhitheadh a làmh a' toirt seachad na'n robh ni air bith aice a b' urrainn dith a' thoirt seachad no dheanamh. 'N uair a dh' fhàs bean an tâilleir mhòirtinn, thug Mairi leatha a pàisdean dhachaidh d'a tigh fhéin agus ghléidh i na leanaban ann a sin gus an robh an cunnart seachad agus bean an tâilleir air a casan a rithis. Ach an uair a bha dhìth orra eridhie Mairi a' losgadh chuireadh na balach, na peasain, 'na cuimhne an uair a thug i dhachaidh leatha am balachan ceaird le chas bhriste ; mar bu mhòtha dheanadh Mairi air fhéin agus air an leabaidh a ghleidheadh an òrdugh, b' ann direach mar sin a chuireadh esan an leabaidh agus na bha innse troimhe-chéile : agus mar bu mhòtha throideadh i ris, b' ann direach bu mhò a bheireadh e beulais seachad di. B' fhada le Mairi an uair ud gus an robh an giobull luineach air an rathad a rithis. Cha do leig Mairi air di-chuimhne gu luath mar thachair di fhéin agus do'n bhalachan-cheaird, agus na'n leigeadh, bha muinntir eile deas gu leòr a ghleidheil 'na cuimhne. Nach tric a thachair e riu-san a rinn coibhneas rì muinntir eile gu'n d' fhuair iad fhéin losgadh agus dragh, gun phàigheadh agus gun taing.

Ach co dhiu, ged a bha iomadh dragh aig Mairi bha i direach cho deas fuasgladh a dheanamh air an ath uireasbhuidheach bochd agus a bha i air an fhear mo dheireadh. B'e nàdur e, agus coltach ri Donnacha Bàn 'n uair a bha e deanamh nan òran, cha robh àrach aice air.

Ach bha dòigh eile air cairdeas a dheanamh ri Mairi ; agus cha robh fear no bean air a' bhaile nach robh glé eòlach air so. Bu bheag air Mairi gach leisgein 's an àite. Throideadh i riu gus am bitheadh nàire orra : bha teanga cho geur ri siosar an tâilleir a ghèarradh òirleach roimh an fhaobhar. Chàineadh i iad, agus smàdhadh i iad : bhitheadh iad aice fuar agus teth uair mu seach, gus am bitheadh critheannan-fuachd 'nan dromannan agus fallus air an gruaidh. Cha toirinn dà sgilinn air fear sam bith a bha aon uair ann am beul Mairi agus nach robh nàire air air a shon fhéin riamh 'na dhéidh.

Riu-san a bha deanamh an dìchill bha i cairdeil blàth-chridheach. B' iomadh sgeula bhochd a chual i, agus b' iomadh comhairle mhaith a thug i seachad, agus cha chuala duine beò facal riamh na dhéidh. An naidheachd a chuala cluasan Mairi cha chuala duine riamh tuilleadh á beul. Bha i cho dùinte ris na creagan fhein.

'N uair a thainig am ministear ùr do'n sgìre eachd thachair e ri Mairi mar a thachair e riu uile. Ged nach robh tigh Mairi ro mhòr thug e fainear gu'n robh i fein agus gach ni air taobh stigh ballachan an tighe cho grinn agus cho speisearla ri prìme ùr a paiseir. Thug e an aire mar an ceudna gu'n robh dà shùl gheura ag

amharc a mach as a ceann, agus ged nach robh i ag ràdh ach beagan, bha i a' gabhail a stigh móran. Air an rathad dhachaidh chuireadh am ministear, an dràsd agus a rithis, bàrr a bhata dà òirleach anns a' ghrunnd mar gu'n robh e a' pronadh tholl ann an claireann Mairi feuch am faiceadh e no'n tuigeadh e a smuaintean. Ach cha do thuig am ministear Mairi an là ud, no iomadh latha na dhéidh-sin. Cha do chleachd Mairi a bhi brosgul, agus ged a bha nis orra currachd bàn, cho geal ris an t-sneachda, agus a falt cho liath ri caora, b' fheudar do Mhàiri faicinn chan e a mhàin gu 'n robh iad dileas, dichiollach ; ach 'nan gniomh agus 'nan eaithe-beatha, gu'n robh iad dileas dichiollach, mar an ceadna. Tha a dhòigh fhéin aig gach h-aon againn agus cò a gheibheadh coire do Mhairi na'n robh i ri coigrich fuar dùinte, 'n uair a bha i da rireadh o'n taobh a stigh coibhneil, cairdeil, blàth.

Ach m'a bha am ministear óg ann am bliadh-nachan, agus aineolach air móran de dhòighean na beatha so, bha e faicilleach, faidhidneach. Ged nach b' urrainn dha tuigsinn ciamar a bha sùilean Mairi cho dorcha, fuar, shaoil e gu'n robh a h-aodann nasal cairdeil, agus mar gu 'm b' eadh, gu'n robh fiamh ghàire a' lasadh a suas air a gruaidean an dràsd agus a rithis : ach cha robh e idir cinnteach. B' ann air an aoibhar so a bha e a' stobadh a bhata 's a ghrunnd no a spreadadh nan clacha beaga an sud agus an so air a rathad dhachaidh, mar a bha e a' beachd-smuaineachadh air na chunnaic agus na chual e an là ud.

Chaidh an ùine seachad. Bha Mairi 'n a h-àite anns an eaglais air gach là Sabaid, no co dhiu cho tric agus a b' urrainn dhith ; glé thric chuireadh i a mach air an t-searmon, ach bha i a' faicinn gu robh an duine òg dirachdach, agus air an aoibhar sin theireadh i rithe fhéin an déidh dol dhachaidh, " Tuigidh e na's fheàrr mar théid bliadhna than har a chinn." Agus mar a thubhairt, b' fhior.

Mar bha Mairi i fhéin blàth-chridheach a réir nàduir, agus mar bha i 'n a gnàiomh gach latha, no co dhiu gach seachduin, a' deanamh fuasglaidh air easbhuidhean air chor-eigin, mar sin b' fheudar do gach aon air am bitheadh deagh bharail aig Mairi deanamh air a' mhodh cheudna. Cha robh fios aig a' mhiniestar air so, ach ged nach robh, bha e a' deanamh a dhleasdanais mar mhiniestar, a' dol a mach agus a steach am measg a' phobuill mar a b' fheàrr a b' aithne dha. Shaoil Mairi an toiseach nach leanadh so ach tacan beag. Ach ruith an ùine agus aig ceann na bliadhna bha an t-òganach cho dileas-danach dichiollach 's a bha e an toiseach. Agus mar a dh' aidich Mairi, bliadhna chan 'na dhéidh sin, ged nach d' innis i riamh do'n mhiniestar fhéin e, " Bu mhaith dhuinne an là a thàinig e do'n sgìre eachd againn."



## Am bi thu ag ùrnuigh?

*"Feuch, tha e ri ùrnuigh."*—GNIOMHARAN IX, 11

SIN aon de na comharrайдhean as cinntiche gu bheil eagal an Tighearn ann an cridhe duine, e bhi ag ùrnuigh.

Tha gu leòir de dhaoine ann nach do rinn ùrnuigh o chiomh còig, no deich, no ficead bliadhna. Chan e mhàin nach 'eil Dia 'n an uile smuaintean; chan 'eil e ann an gin dhiubh. Tha iad ag éirigh agus a' laighe, ag iteheadh agus ag òl, ag obair agus a' gabhail fois, là an déidh là, gun iomradh aca gu bheil Dia ann. Là an déidh là tha iad a' mealtuinn sochairean agus beannachdan an Tighearn, ach chan 'eil ùrnuigh-bhuidheachais a' dol suas o'm bilean.

Ciod is aobhar do'n mhabhantachd spioradail so? Tha, marbhantachd spioradail fhéin. Is naimhdeas an inntinn fheolmhor an aghaidh Dhe, agus is bàs i mar an ceudna. Tha sluagh an Tighearn uile coltach ri chéile anns a' cheum so, gu'm bi iad ag ùrnuigh; "tha Spiorad na h-uchd-mhacachd aca, tre an glaoadh sinn, Abba, Athair." An uair a tha neach air ath-bhreith le cumhachd an Spioraid Naoimh, is e an comharradh as cinntiche air a' bheatha ùir, e thòiseachadh air ùrnuigh.

Rannsaich am Biobull, no eachdraidh nan naomh, agus faic an robh duine diadhaidh riamh ann nach robh ri ùrnuigh gun fhammachadh! Co dhiu a b' ann do'n eaglais Phàpanaich no do'n eaglais Phròstanaich a bhuineadh iad, co dhiu a bha iad a' leantuinn Luther, no Calvin, no Arminius, no ciod air bith dealachadh a bha eatorra a thaobh phuineagan eile, bha iad uile a' buanachadh ann an ùrnuigh. Is e ùrnuigh anail na beatha anns a' chreidmheach.

Am bi thusa ag ùrnuigh, a leughadair? Mur bi, cuimhnich gu bheil thu 'g ad dhiteadh féin, oir tha sin a' dearbhadh gu bheil thu gun Dia agus gun dòchas fhathast. Ged labhradh tu le teangaibh dhaoine agus aingeal mu nithean spioradail; mu thaghadh, mu ghràs Dhe, agus mu fhireantachd, agus gun thu bhi ri ùrnuigh, cha bhitheadh annadach ciombal a ni gleangarsaich. Is e a' cheud obair mhaith a ni an creidmheach anns an t-saoghal so, *bruidhinn ri Dia*. Is ann le bhi bruidhinn ri Dia, agus le bhi leigeil le Dia labhairt ruinn, a chumhar sinn ann an co-chomunn Dhe. Chan fhàs neach gu bràth ann an gràs, no ann an eòlas air Dia, mur bheil e tric air a ghlùinean aig cathair nan gràs.

An uair a tha thu air do ghlùinean ag ùrnuigh tha thu anns an dàimh sin ri Dia anns an còir do'n chreutair a bhi; iriosal, umhail, earbsach. Tha thu mar gu'm bitheadh tu ag ràdh, "Labhair, a Thighearn, oir tha do sheirbhiseach ag éisdeachd." A thuilleadh air sin chan 'eil dion no geàrrd o'n pheacadh as fheàrr na ùrnuigh, a chiomh nach urrainn còrdadh a bhi eatorra. Cha dean an dà aogaigh sin còmhnuidh anns an aon chridhe; ma thig am peacadh a steach air an dorus théid an ùrnuigh a mach air an uinneig. Am bitheantas, ma thòisicheas duine diadhaidh air dearmad a dheanamh air ùrnuigh, no ma chailleas e a chàil dhi, is e an t-aobhar gu bheil a pheacadhean féin 'g a thacadh, air chor agus nach urrainn dha ùrnuigh a dheanamh. Tha a' bhuaidh sin aig a' pheacadh daonnan; bheir e an cainnt agus an càil o dhaoinn diadhaidh aig cathair nan gràs.

Ma tha duilgheadas air bith agad, a leughadair, a thaobh ùrnuigh, is ann annad féin a tha e, agus chan ann ann an Dia. Tha Dia ag iarraidh ort ùrnuigh a dheanamh, agus a' gealltainn gu'n éisd e. Faodaidh am peacach as miosa dòchas a bhi aige gu'n éisd Dia r'a athchuinge, oir dh' fhosgail Criod an t-slige 'g a ionnsuidh. Chan e mhàin gu'm faod am peacach dol a steach do'n ionad as ro-naoimhe tre ainn Chriosd, ach tha Criod féin a' tagradh as a leth, agus a' naomhachadh ùrnuighean truagh-san le àileadh cùbhraighe na h-eadar-ghuidhe a tha e a' deanamh as a leth. Ma tha e fior gur e Criod annainn dòchas na glòire tha e fior mar an ceudna gur e Criod annainn cumhachd na h-ùrnuigh.

Cha ruig neach a leas eagal a bhi air nach aithne dha ùrnuigh a dheanamh, no nach aithne dha ciod na nithean a bu chòir dha iarraidh air Dia, oir dh' ullach Dia fearteagaisg a chuidicheas leinn 'n ar n-anmuinn-eachd. A cheart cho luath 's a théid thu air do ghlùinean ann an treibhdhireas, tha an Spiorad Naomh a' toiseachadh air obair dhiomhair agus bheannaichte a dheanamh 'n ad chridhe, agus leigidh e fhaicim dhuit t'uireasbhuidhean agus am feum a tha agad air Dia. Ach ni e na's fheàrr na sin, bheir e dhuit dearbhachd a thaobh Dhe, agus is e sin an t-iomhnas as fheàrr a gheibh thu anns an t-saoghal so, dearbhachd a thaobh Dhe. Theagamh gu bheil dòighean eile ann anns an t-saoghal so, dearbhachd a thaobh Dhe, ach

mar is trice tha e air fhaotainn leò-san a bhithreas ri ùrnuigh.

Tha móran dhaoine anns an t-saoghal an diugh aig a bheil iarraidh mhór air dearbhachd fhaotainn a thaobh ùrnuigh fhéin. Bu mhaith leò a bhi cinniteach co dhiu a tha cumhachd is buaidh ann an ùrnuigh mar bhithreas na diadhairean ag ràdh. Tha amharus aca nach 'eil, a chionn gur aithne dhaibh gu leòr de luchd-aideachaidh nach 'eil, a réir choslais, dad na's fheàrr na iad féin, ach tha amharus aca cuideachd gu bheil duine no dhà as aithne dhaibh a' faotainn ann an ùrnuigh iocshlaint agus neart nach buin do'n t-saoghal so. Mar sin bu mhaith leò fios cinnteach a bhi aca a thaobh na h-eifeachd a tha ann an ùrnuigh, agus ciod na nithean a dh' fhaodas iad a thoirt an làthair Dhe.

Chan 'eil ach aon dòigh air dearbhachd fhaotainn a thaobh ùrnuigh, *ùrnuigh a dheanamh*. Tha rùn-diomhair an Tighearn acasan d' an eagal e. Cha bhiodh feum air bith ann dhuit tòiseachadh air leabhairchean nam feallsanach agus luchd-ealadhain a leughadh, no an argumaidean mu ùrnuigh a chur air a' mheidh, ach bhiodh feum ann dhuit dol do chomunn agus do chompanas nan naomh, a dh' eisdeachd ri am fianuis-san. Agus gheibh thu an fhanuis sin na's soilleire agus na's firinniche anns a' Bhiobull na ann an àite air bith eile.

Anns a' Bhiobull chi thu agus cluinnidh tu na naoimh ag ùrnuigh; maduinn, agus meadhon-là, agus feasgar. Anns a' Bhiobull

tha thu ann an saoghal na h-ùrnuigh; saoghal far a bheil ùrnuigh nàdurra; cainnt-mhàtharail nan uile dhaoine a tha ag iarraidh an Tighearna. Anns a' Bhiobull chi thu ùrnughean dhaoine maithe a' deanamh nithean nach creid muinntir an t-saoghal, a' sgoltadh chreag, a' toirt teine o néamh, a' toirt nam marbh beò, a' slànamachadh dhaoine tinne, a' tilgeadh a mach dheamhan. Anns a' Bhiobull cluinnidh tu am facial so o Dhia, air a labhairt le Mac Dhe nach do labhair riamh facial diomhain, "Ge b'e air bith nithean a dh' iarras sibh ann bhur n-ùrnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad." "Ma dh' iarras sibh ni air bith a'm' m' ainm-sa ni mise e."

Am b' urrainn dhuit misneach no barantas na's fheàrr na sin fhaotainn, facial is gealladh an Tighearn Iosa Criosd air a sheulachadh le fiosrachadh nan naomh?

Anns a' bheatha spioradail tha mùghadh mór eadar aon chreidmheach agus creidmheach eile; an dara fear a' fàs agus a' dol air aghaidh o neart gu neart, agus am fear eile a' dol air ais. Ciòd an t-aobhar? Tha, mar is trice, gu bheil an dara fear ri ùrnuigh, agus gu bheil am fear eile a' deanamh dearmad oirre. Cha chuala mi riamh ionradh air duine a bha comharrachte air son a naomhachd nach robh comharrachte air son ùrnuighean diomhair. An uair a chi thu daoine a bha aon uair air an soillsachadh a' cul-shleamhnachadh agus a' tuiteam air falbh o Dhia faoadaidh tu a bhi cinnteach gu'n do thuit iad air falbh roimh sin o ùrnuigh dhiomhair.

## Anns a'

**T**HA obair na Sàbaid seachad; anns a' mhaduinn chùm sinn cuimhne air na gillean a bha air am marbhachd anns a' chogadh, agus a nis m' an teid mi a laighe bu mhaith leam rud no dhà a bha 'n am inntinn an diugh a chur sìos air an duilleig so, an dòchas nach dean iad cron co dhiu, mur dean iad maith. Faoidh mi rud a ràdh anns a' chathair nach bitheadh freagarrach anns a' chùbaid.

Ann an iomadh eaglais air feadh na dùthcha tha mi cinnteach gu robh ionradh air a dheanamh an diugh air bàs an duine urramaich, Canon Shepherd, no Dick Shepherd mar theireamaid ris, am ministear a b' ainmeile anns an rioghachd, agus air am bu mhò meas agus gaol an t-sluagh. Bha e 'n a Ard-Easbuig ann an eaglais an Radio, an eaglais as mòtha agus as cumhachdaiche ann am Breatunn an diugh; eaglais gun chreud, gun mhinistearan, gun togalaichean, gun luchd-riaghlaidh, gun Chléir, gun Seanadh, a tha uidh ar nuidh a' falamhachadh chàich, agus ag atharrachadh bheachdan dhaoine gun fhios daibh.

## Chathair

B'e Canon Shepherd Pacifist a bu làidire anns an dùthach, is tha na Pacifists a nis air fàs cho cinnteach 'n am beachdan féin 's gu'm feumar am beannachadh no am malla-chadh, oir tha iad an dara cuid 'n an cuinart do'n rioghachd, air neo tha iad fada air thoiseach air daoine eile, an gliocas, an diadhaidh-eachd, agus an eòlas air inntinn Chriosd. Ciòd a tha Pacifism a' ciallachadh?

Feuchaidh mi ri sin innseadh mar is fheàrr is urrainn dhomh, ged tha e car duilich a dheanamh, a chionn gu bheil uiread shèòrsachan Phacifists ann's a tha de dhaitean anns a' bhogha-fhrois. Tha cuid 'n am Pacifists a chionn nach toigh leò uachdarain, no muinntir an airm, no Winston Churchill; tha amharus aca gu bheil an trianaid chronail sin ceart coma ged bhiodh muillean air am marbhachd na'n cumadh sin iad féin an inbhe agus an tughdarris. Tha cuid eile 'n am Pacifists a chionn gu bheil dannarrachd agus croasdachd anna gu nàdurra; feumaidh iad a bhi an aghaidh an ranna co dhiu; an aghaidh a'

Ghovernment, an aghaidh an coimhearsnach, an aghaidh am faileas féin. Na 'n robh na daoine so air an rùsgadh chitheadh tu air an uchd ball-dobhrain a bha orra o'm breith, *Anti* air a dheargadh air am broilleach. Tha feadhainn eile 'n am Pacifists a chionn gu bheil eagal an cridhe orra gu'm bi iad air am marbhadh ma thig cogadh, no a chionn gu bheil cogadh 'n a rud leanabail, agus amайдeach, agus neoreusonta 'n an stíleán.

### An seòrsa ceart

Tha uiread sheòrsachan dhaoine am measg nam Pacifists an diugh 's a bha ann an uaimh Adullaim ri linn Dhaibhidh, ach cha ghabh mi gnothuch ri gin dhiubh sin ach a mhàin ris an fheadhainn cheart, an fheadhainn a dhiùltas arm a thogail as leth an dùthcha, a chiomh nach leig an coguis leò dol an aghaidh teagastg Chriosd, teagastg Chriosd mar tha iadsan 'g a thuigisinn. Sin an aon seòrsa as fhiach Pacifists a ràdh riù. Chan 'eil anns a' chòrr ach daoine a rachadh a thapaid ri chéile ann am mionaid ged nach rachadh iad a thapaid ri lànmhaid aig an robh arm 'na làimh. Tha iad 'g am mealladh féin, a' saoilsinn gur e Pacifists a tha annta féin, agus gun annta ach Philistich, daoine nach buin do chomh-cheangal Israel idir.

Cha chòir dhuinn an t-ainm Pacifist (oir is ainm uasal e) a thoir do dhuine air bith mur bheil e 'n a dhuine cho naomh agus cho dia-dhaidh 's nach b' urrainn dha gun an gaol a bhi aige air a h-uile duine a bha aig Chriosd orra. Sin am Pacifism a bheir buaidh air an t-saoghal; an aghaidh Pacifism de 'n t-seòrsa sin chan 'eil ann an neart airm, no ann an gàirdean feòla, ach mar gu'm biodh tonnan na fairge a' bualadh air creig.

### Féin-mhealladh

Ach chan fhaighear Pacifism glan de'n t-seòrsa sin ann an *rioghachd* mar gheibhear e ann an duine naomh an sud agus an so, air chor agus ged chuireadh *rioghachd* roimhpe gu'm biodh e glic dhi gun chur an aghaidh an uile, agus a thoil a leigeil le fear-fòirneirt, nach biodh ann dhi ach féin-mhealladh a bhi an dùil gu'n leaghadh sin cridhe an eucorach agus gu'n tionndadh e o'n olc e. Cha tionndadh idir, is chan 'eil aoibhar air bith gu'n tionndadh. Chan e nach cuir duine an aghaidh an uilc, no gu'n toir e dhuit fhall-uinn cuideachd ma thug thu bhuaith a chota, no gu'n téid e leat dà mhile ma thug thu leat mile a dh' aindeòn e, no gu'n tionndaidh e an gial eile riut ma bhual thu air a' ghial dheas e, no gu'n leig e leat a leagadh, agus a leagadh a ris, agus saltairt air, gun dol a thapaid riut, —chan e na nithean sin idir cridhe Phacifism, is chan ann leis na nithean sin a tha am Paci-

fism fior a' toirt a mach toradh siochail na fireantachd, ach leis an naomhachd agus leis a' ghràdh a tha air an cul.

### Clann Sceva

Chan 'eil dad de na dh' iarr Criosd air a dheisciobuil a dheanamh nach faod duine air bith a dheanamh le seòltachd agus le gliocas saoghalta; faodaidh e leigeil leat a chota, agus a bhoineid, agus a chroit, a thoirt bhuaith, agus a bhean, ma thogras tu, gun a chòir a sheasamh, no gun chur 'n ad aghaidh, ach ma tha e 'g a dheanamh sin leis an eagal, no leis an t-seòltachd, an dòchas gu'm páigh e dha air a' cheann mu dheireadh na's fheàrr na dol a thapaid, chan e Pacifist Chriosdail a tha anns an duine sin ach fear de mhic Sceva, a tha feuchainn ri obair Chriosd a dheanamh, chan ann le cumhachd Chriosd ach le seòltachd agus le gliocas saoghalta. Na saoileadh an duine sin gu'n soirbhich e anns na nithean a tha aige anns an t-sealladh, no gu bheil e 'n a fhear-deanamh sithe. Tha e a' feuchainn ri tigh a thogail gun stéidh, nithe naomh a dheanamh gun a bhi naomh e féin.

### Pacifism gun ghaol

Chan 'eil buidheann dhaoine anns an eaglais as mò a tha mo chridhe leò na tha e leis na Pacifists, is uair-eigin bha mi an dùil gur e Pacifist a bha annam féin, ach ged theirinn seòrsa de Phacifist rium fhéin fhat hast, tha fhios agam gu maith nach ann de'n t-seòrsa cheart mi, agus mar sin cha ghabh mi dhomh féin tiotal uasal air nach 'eil mi airidh. Tha aoibhar no dhà 'g am chumail air m' ais gun dol 'n am measg, ach is e so an t-aoibhar as làidire, gu bheil fhios agam nach 'eil mi maith gu leòir, no naomh gu leòir, no blàth gu leòir 'n am chridhe, gu'm feuchainn ri teagastg nam Pacifists fhior a chur an géill an cùisean mo bheatha féin, no an cùisean na rioghachd. Chan 'eil so 'g am fhìreanachadh ann a bhi a' diùltadh dol leò ach 'g am dhìteadh, ach air a shon sin feumaidh mi aideachadh a chionn gur toigh leam a bhi onarach.

Ach an cùisean mo bheatha féin cha deachaidh mi riagh ann an connsachadh geur no ann an iorghuill ri duine eile, is bu choma leam ged bhiodh am facial mu dheireadh aige, no ged rachadh e beagan a steach air mo chriochan no air mo chòraichean, ach cha chunntainn sin mar fhìreantachd dhomh féin no mar Phacifism, oir tha fhios agam gu maith nach ann air ghaol an duine eile a bha mi 'ga dheanamh ach air ghaol mo shithe féin, agus a chionn gu robh mo ghliocas saoghalta a' teagastg dhomh gur lugha dragh do dhuine rudan beaga suarach a leigeil seachad seach a shuaimhneas féin a mhilleadh. Ach na saoile-

adh neach air bith gur e sin Pacifism an Tiomnaidh Nuaidh.

### Gliocas saoghalta

Faodaidh gu'n tig an t-àm agam gu'n éirich sudheachadh anns am biodh e glie do Bheartunn lon na Gearmailt air son fearainn a shàsuchadh, gun seasamh air litir an lagha no air a còraichean, ach ged bhithinn-sa mar aon air son sin a dheanamh tha fhios agam gu maith nach ann a chionn gu bheil uiread gaoil agam air a' Ghearmailt no air Gearmailtich 's gu'm b' fheàrr leam call fhlàng seach, gu'n deanadh iadsan olc le dol a thoirt a mach an fhearaínn sin leis a' chlaidheamh. Chan ann idir, ach a chionn gu robh maith mo dhùthcha féin agam anns an t-sealladh fad na h-iúine. Chan e sin Pacifism, no rud coltach ris; tha Pacifism Chriosd ag iarraidh ort tapaid is tuasaid a sheachnadh, chan ann le sèultachd, no le gliocas saoghalta, no idir idir leis an eagal, no air ghaol sìth agus comhfhurtachd dhuit féin, ach a chionn gu bheil corruiç do nàmhaid a' goirteachadh do chridhe cho mór 's gu'n tugadh tu seachad na tha agad air an t-saoghal air ghaol do nàmhaid a chosnadh o'n olc. Sin agad Pacifism Chriosd, an aon seòrsa Pacifism as fhiach dhuit a bhi bruidhinn air, ach 'nuair a cheasnaicheas mise mo chridhe féin tha mi a' faotainn annam féin cho beag de'n inntinn 'sin 's nach bu mhaith leam mi féin àireamh am measg nam Pacifists; cha bhiodh annam ach ròcais am measg nan caluman. Tha fhios agam gu'n tugainn seachad na tha agam de'n t-saoghal a chumail mo dhaoine féin, na daoine a rugadh ann an tigh m' athar, o ghniomh nàrach a dheanamh, ach cha tugainn seachad e air ghaol dhaoine nach aithnhe dhomh, no nach 'eil càirdeach dhomh, is cha mhò a tha cor anma Hitler, no cor anma Mhussolini, a laighe air mo spiorad mar laigheadh e air cridhe naomh agus blàth an t-Slànuigheir. Mar sin cha bhiodh ann dhomh ach làdarnas a ràdh gu bheil mi 'n am Phacifist mar bha esan.

### Cridhe na cùise

Chan ann air ghaol a bhi deasbud a tha mi a' bruidhinn air na nithean so an dràsd ach air ghaol aon smuain shònruichte a tha 'n am inntinn gu làidir a chur sios air an duilleig so, an dochas gu'n enuasaich an luchd-leughaidh oirre, agus gu'n cuir i iad féin gu smuaineachadh mu'n chùis so, nach 'eil ann am Pacifism dhaoinne nach 'eil naomh ach diomhanas agus ruagadh na gaoithe. Chan e mhàin nach dean e maith ach ni e cron.

Ann an eaglais na h-Alba an diugh tha buidheann maith de Phacifists, ach chan 'eil iad uile de'n aon seòrsa. Tha mi a' creidsinn gu bheil aon no dhà 'n am measg a tha 'n

am Pacifists a muigh agus a mach, chan ann a mhàin a thaobh cogaidh ach anns gach ceum eile d' am beatha. Ach tha mi an dùil nach 'eil anns a' mhór-chuideachd de chàch ach car de 'n t-seòrsa a tha annainn uile, ach a mhàin gu bheil iad na's cinnichte as an gliocas féin agus na's dòchasaiche gu'n rachadh aca air sìth an t-saoghal a chur air bunaitean seasmhach na'n gabhteadh an comhairle. Ged tha iad 'n am Pacifists a thaobh cogaidh, chan 'eil iad 'n am Pacifists anns a' chorr d' am beatha, is chan 'eil agad ach seasamh 'n an aghaidh anns a' Chléir is chì thu gu bheil toil aca nach 'eil furasd a lùbadh.

### An duine nàdurra

Bho chionn dà bhliadhna bha mi aig coinnseamh far an robh Pacifists a' bruidhinn. Bha comharraighean na ciùine air a' cheud fhear is dh' éisd sinn uile ris le ro aire, ach cha robh an dara fear 'na sheasamh fada gus an dubhaint e rud-eigin nach do chòrd ri móran a bha 's an talla, is rinn iad an fhuaim sin a bhios daoine a' deanamh an uair a théid fearlabhairt tha na cailce. Annas a' mhionaid chaidh an duine bhàrr a shiùl; thog e a làmh, is dhùin e a dhòrn, is thòisich e air trod. Ach 'nuair a dhùin esan a dhòrn dhùin mise mo chluasan; bha fhios agam nach e Pacifist ceart a bha ann; nach robh ann ach duine a bha làidir 'na bheachdan féin.

### Teagastg nam Pacifists

Ma bu mhaith leat teagastg nam Pacifists anns an eaglais againn féin fhaotainn as an tobar as gloine agus as dòimhne feumaidh tu dol do Ghlacchu gu Ard Fhear-teagaisg a tha anns a' Chollaist sin, an t-Ollamh G. H. C. Mac Griogair. Tha esan a' cumail a mach,

(1) Nach 'eil roghainn eile aig duine a tha creidsinn an t-soisgeil ach a bhi 'n a Phacifist, a chionn gur e Pacifism páirt de'n t-soisgeul, agus cridhe an t-soisgeil. "Chan ann a chionn gu bheil cogadh 'n a ghràin 'o 'na uamhas a tha sinn 'n ar Pacifists," tha e ag ràdh, "ach a chionn gu'n do rinn an Slànuigheir air an d' fhuair sinn eòlas eu-comasach dhuinn cuid no páirt a bhi againn ann an cogadh, eadhon ged b' ann 'g ar dòn féin a bhitheamaid, agus ged bhiodh ar cùis ceart agus cothromach."

(2) An uair a bhàsaich Criosd air a' chramhcheusaidh nochd e do'n t-saoghal an dòigh anns an còir dhuinn buntainn ri luchd-deanamh uile, "an gràdhachadh agus fulang air an son."

(3) Is e an t-slighe air an còir do'n Chriosd-uidhimeachd, "slighe a' chroinn-cheusaidh," ach tha cogadh calg-dhìreach an aghaidh na slighe sin.

(4) Ma chuireas na beachdan so an Eaglais agus an Staid an aghaidh a chéile feumaidh an eaglais ceuman Chriosd a leantuinn, agus dùlain a thoirt do'n Staid, ged bhiodh i air a ceusadh. Chan urrainn an Eaglais a beatha a shaoradh mur bheil i a' leantuinn a Maighstir.

### Seanadh na h-eaglais

Ann an 1935 chuir Ard-sheanadh na h-eaglais diadhairean agus sgoilearan air leth gus seòladh a thoirt do shluagh na h-eaglais air a' chuis so, ach ged bha iad a' enuasachadh oirre fad dà bhliadhna, dh' fhairtlich orra solus no seòladh a thoirt dhuinn ach a mhàin so, "gu'm faod an fheadhainn a tha 'n am Pacifists agus an fheadhainn nach 'eil 'n am Pacifists a bhi le chéile treibh dhireach agus dileas do Chriosd agus d'a theagasc anns na beachdan a tha aca." Cha mhór sin ri ràdh, ach ciod eile a b' urrainn dhaibh a ràdh?

A h-uile uair a thòisichear air bruidhinn mu chogadh agus mu shith tha còrdadh am measg chreidhmeach gus an togar a' cheist so, "A bheil e ceart do dhuine a tha creidsinn anns an t-soisgeul, agus a tha ag aideachadh Chriosd, dol do'n arm a sheasamh a dhùthcha, agus i 'n a h-éigin?"

Their am Pacifist nach 'eil e air a cheada-chadh dhasan mar Chriosduidh cui'd no pàirt a ghabhail ann an cogadh, a dhòn a dhùthcha, no a mhnatha, no a theaghlach, ged bhitheadh a dhùthach, agus a bhean, agus a theaghlach, neochiontach; gur e a dhleasdanas-san Chriosd a leantuinn, agus a dhùthach agus a bhean fhàgail an urra ri Dia.

Their Chriosduidhean eile gu bheil am Pacifist ceàrr; gu bheil e a' eur uallaich air Dia a bu chòir dha féin a ghiùlan; gu bheil ceartas agus fireantachd air a' cheann mu dheireadh na's prìseile na sith, agus nach 'eil ann an duine ach leth-Chriosduidh agus leth-duine mur fuiling e crualad a sheasamh na còrach, ma tha e cinnteach gu bheil a dhùthach ceart.

Their clann Edoim gu'n gabh iadsan taobh an dùthcha, ceàrr no ceart.

\* \* \* \* \*

Tha tarruing mhór aig teagasc nam Paifists air inntinnean dhaoine òga, theagamh a chionn gur e iadsan a' cheud fheadhainn a bhitheas air an gairm do'n arm, ma dh' éireas cogadh, ach theagamh cuideachd a chionn gu bheil daoine òga an dùil nach 'eil ach aon taobh air a' Mhaoil, agus gu'n gabh frith-rathad factainn do thir a' gheallaidh.

## Aig an Uinneig

### Aonghus Mac Eanruic

BHA sinn duilich a chluinntinn gu'n do shiubhail Aonghus Mac Eanruic an toiseach November, an duine a bu shine, tha mi an dùil, de'n bhuidheann bheag a bhitheadh a' sgriobhadh ann am Mìosachan Eaglais na h-Alba an uair a bha an t-Ollamh Gilleanbuig Mac-a-Chléirich, an Cill-mhàillidh, a' deasachadh nan duilleagan Gàidhlig. Dh' innis e dhomh uair no dhà an toileachadh a thug e dha, agus gun e ach 'n a bhalach, an uair a chunnaic e a bhriathran féin ann an clòdh air son na ceud uaire anns na duilleagan so. Mìos no dhà m' an do shuibhail e chuir e chugam seanchas mu Dhotair Rath-uaidhe, a b' aithne dha 'n a òige, is bha an seanchas sin anns a' Mhìosachan so an October, agus an November.

Rugadh e an Aird-nam-Murchann, ach chuir e seachad a' chuid mhór d'a bheatha eadar Glaschu agus Sruidhla, a' faotainn a bhed-shlàint le bhi sgríobhadh ann am paip-earan-naidheachd. Tha daoine a tha toirt am beò-shlàinte á obair de 'n t-seòrsa sin 'n an suidhe air fail chorraich, oir tha stairs-neach nam paippearan-naidheachd cho sleamh-ainn ri stairs-neach an tighe-mhòir, ach ged nach do ràinig Aonghus Mac Eanruic nbhe àrd am measg mhaitean nam paip-

earan-naidheachd, fhuair e obair o phaippearan daonna leis an deachaidh aige air e fhéin a chumail gu grinn agus gu comhfhurtachail. B' aithne dha a h-uile duine a bha deanamh dad as leth na Gàidhealtachd; bhitheadh e daonna'n'g an ainmeachadh 'n a sgríobhaidhean, agus a' bruidhinn umpa, agus is toigh le luchd-leughaidh phaippearan sin. Bha rud-eigin maith aige ri ràdh mu'n h-uile duine, is cha bu mhaith leis oilbheum a thoirt do neach air bith. Bha e 'na dhuine ciùin, uasal 'na nàdur, agus iriosal 'n a dhòighean. Ged nach b' aithne dhomh e gu pearsonta ach o chionn còig no sia bhliadhnanachan, cha chuala mi e riamh ag ràdh facial nimheil no neo-choibhneil mu dhuine eile.

### An t-Ollamh Uilleam I. Watson

Am bliadhna thàinig leabhar iùr bho làmh an àrd-sgoileir so, an leabhar as feumaile do sgoilearan òga Gàidhlig a thàinig a mach bho chuir e féin a mach *Ainmean-àite Ceileach na h-Alba*. Is e ainnm an leabhair iùr, *Bàrdachd Albannach á Leabhar Deadhan Lios-mór*, bardachd Albannach a' ciallachadh bàrdachd an Gàidhlig a bha air a deanamh le Gàidheil Albannach no mu Albainn.

Chan 'eil leabhar a bhuineas do'n Ghàidheal-

tachd as ainmeile na'n seann leabhar so, comh-chruinneachadh de bhàrdachd a bha air a tional o chionn ceithir cheud bliadhna, ach tha làmh-sgriobhaidh an leabhair cho duilich a deanamh a mach, agus an dòigh-litreachaidh cho annasach agus neo-riaghail-teach, 's gu'n d' fhairtlich e air sgoilearan maithe dad a thoirt as an leabhar so a riaraich-eadh an inntinn féin, gun tighinn air sgoilearan eile a riarrachadh. Dh' fheuch iomadh sgoilear maith Gàidhlig a làmh air an obair so, sgoilearan nach ruig mi leas ainmeachadh, ach bha aon iuchair a dhith orra nach b' urrainn dhaibh na toimhseachain a bha tachairt orra fhuasgladh as a h-eugmhais, agus mar sin bha iad mar dhaoine ann an cèò. Ach tha an iuchair sin aig an Ollamh W. I. Watson, an t-eòlas a tha aige air na meadar anns an robh an t-seana bhàrdachd air a sgriobhadh, agus air gràmar na seana chànan. Chan 'eil e furasda bruidhinn air an leabhar so mar bu chòir, is cha mhò a bhiodh e freagarrach töiseachadh air innseadh air an duilleig so ciod a tha 'n a bhroinn, oir na 'n deanainn sin, bhithinn a' labhairt ann an teanga choimhich, rud a tha Pol a' toirmseasg. Chan ann do'n phobull a bhios an leabhar so buannachdail, ach do sgoilearan, oir tha e cho làn de nithean a chuireas an inntinnsean-san air ghluasadh 's nach fhaod sgoilear òg Gàidhlig deanamh as eugmhais. Sin an t-seirbhis a tha an t-Ollamh Uilleam I. Watson a' deanamh d' ar cànan o chionn còrr agus fichead bliadhna, gu bheil a h-uile leabhar a tha e a' cur a mach a' cur dhaoine eile air cheann na slighe ann an rioghachd an èolais agus na sgoilearachd, agus a' teagast dhaibh ciamar a làimhsicheas iad a chfuinn mar dheag luchd-ceairde. No ma dh' fhaodas mi so a ràdh ann an dòigh eile, tha e le làmh fhialaidh 'a toirt sil do dhaoine eile a chuireas iad 'n an achadh féin.

Ma bu mhaith le sgoilearan òga a thuigsinn ciamar a bu chòir dhaibh ainmean Lochlannach a làmhseachadh, leughadh iad an leabhar a sgriobh e mu ainmean Rois; ma bu mhaith leò ainmean-aite air bith eile no seann eachdràidh ar dùthcha a rannsachadh, leughadh iad "Ainmean Ceilteach na h-Alba"; agus ma bu mhaith leò fhaicinn ciamar a bu chòir dhaibh dol an caraibh leabhar Deadhan Lios-mór, no leabhar air bith eile a dheasachadh air son a' chlòdh, leughadh iad an leabhar so, agus cuiridh e iad air cheann na slighe an àite a bhi dol mu'n cuairt agus mu'n cuairt anns a' cheò. Tha comharraighean na sgoilearachd air a h-uile duilleig dheth.

Theagamh gu'm bi cui'd d' ar luchd-leughaidh a' cur an tùine agus an eanchainn gu droch bhuil le bhi a' fuasgladh nan toimhseachan ris an abrar anns a' Bheurla *crois-fhacail*, ach

feuchadh iad ris an toimhseachan so fhuasgladh. Ciod a tha an rann so a' ciallachadh?

Ffeinni ga eevi ag mnaiv maali  
Vegregor id vor thall  
Id vron trane farjoin er linna  
Er techt 5eives er a harrin.

### An t-Ollamh Seòras Calder

Bho chionn ghoirid thàinig leabhar Gàidhlig eile a mach a bhios air a leughadh le barrachd dhaoine na 's urrainn leabhar an Deadhain a leughadh, bàrdachd Uilleam Rois air a dheasachadh air son a' chlòdh leis an Ollamh Seòras Calder a bha teagast Gàidhlig an Oil-thigh Glaschu gus an uiridh.

Tha an leabhar bòidheach agus cuimir ri làmhseachadh; tha cunnatas ann air beatha Rois, is that na h-òrain air an tionndadh gu ranntachd Bheurla, ach chan 'eil uiread cuideachaidh no mineachaiddh air a dheanamh oirre, no air cainnt a' bhàird 's a b' urrainn am fear-deasachaidh a dheanamh gu maith, na'n do thoilich e a dhicanamh. Ach theagamh nach robh e an dùil gu robh feum air sin. Bhithinn féin, mar aon, 'n a chomain na' n do rinn e barrachd iomraidh 's a rinn e air Iain Mac Coinnich a dheasaich bàrdachd Rois air son a' chlòdh, rud a dh' fhaodadh e a dheanamh gun dol fada bhàrr a chìursa. Tha daoine an diugh air cuimhne a chall air Iain Mac Coinnich, seana sgoilear a rinn obair mhór agus fhiachail 'n a là féin. Chan 'eil so a' ciallachadh nach 'eil meas aig an fhear-dheasachaidh ùr air an t-seann fhear (tha e ag uisneachadh aon fhacal uime a tha dearbhadh gu bheil), ach tha uiread meas agam-sa air 's gu'm bu mhaith leam an tuilleadh èolais fhaotainn air.

Cha bu mhaith leam coire fhaotainn do'n leabhar so a chionn gu bheil bàrdachd Ghàidhlig air a tionndadh ann gu ranntachd Bheurla, ach bha cho maith leam gun so a bhi air a dheanamh. Cha b' urrainn mise a dheanamh mi fhéin an dara leth cho maith 's a théid aig an Ollamh ionnsaichte, Seòras Calder, air a dheanamh, ach chan e gu bheil e air a dhroch dheanamh a tha mi a' ciallachadh ach gu'm b' fheàrr leam gun e bhi air a dheanamh idir. Ach theagamh gur gasda le daoine eile Uilleam Ros fhaicinn ann am deise Ghallda.

Ged nach do leugh mi a' Bheurla leugh mi Gàidhlig Uilleam Rois a dh' ùrachadh mo chuimhne air òrain a bha agam air mo theanagaidh m' an robh mi dusan bliadhna a dh' aois. Chan 'eil fhios agam c' àite no ciamar a dh' ionnsaiche mi iad, oir cha robh leabhar-bàrdachd Rois an tigh m' athar, ach bha iad a' sgiathalaich air feadh na dùthcha, agus air an aithris o bheul gu beul aig aon àm anns na h-eileanan, mar nach robh òrain gin eile de na bàird.

Anns an sgiathalaich sin agus anns an aithris sin gun leabhar bha iad air uairean air an atharrachadh. B'e so mo chumhne-sa air fear dhiubh,

*Air maduinn chiuin Chéitein  
'S an spréidh air an lòn  
Agus cailin na buaile  
Gabhall dhuhan mu'n chrò.*

Tha e 'n a bhuannachd d' ar cànan an leabhar

so a bhi air a chur a mach aig prìs as urrainn daoine òga a cheannach. Tha Gàidhlig Uilleam Rois furasd a tuigsinn, agus is maith i bhi an cluasan na h-òigridh seach Gàidhlig Ghlaschu no Dhùn-deagh. Bu chòir dhuinn a bhi an comain an fhìr a chuir a mach an leabhar so, chan ann air son sgoilearan, ach air ghaol bàrdachd mhaith a chur an làmhan Ghàidheal òga 'n an cànan féin.

## Anns a' Choille Bheithe

AN dé chunnaic mi rud nach fhaca mi bho Achionn greis mhaith, duine air an daoraich, agus clann na sgoile a' leantuinn air a shàil, a' gàireachduinn, leis' na sithidhean a bha e a' toirt' bho thaobh gu taobh de 'n rathad. Chan 'eil e maith do chloinn a bhi magadh air duine air an daoraich, oir is e sealladh brònach a tha ann; mar sin chaisg mi a' chlann, is leig iad a shiubhal leis. Ach na'n robh aon de na h-innealan sin agam leis am bi daoine a' tarruing dhealbhan bu mhaith leam dealbh an duine ud a tharruing, agus a leigeil fhaicinn dha féin, an dòchas gu'n cuireadh e näire air.

Tha e dullich näire a chur air duine a tha ris an òl, ach mur robh näire air-san, bha näire gu leòir air an té a bha feitheamh ris gu h-iomguineach gus an do ràinig e an tigh, gun bhoinnid, agus aodann agus a làmhan air an gearradh leis an tapaid a bha aige ri rathad mór an Rìgh. Ach tha a bhean bhochd eòlach gu leòir air a bhi air a nàrachadh am fianuis nan coimhearsnach, an uair a chi iad e a' tighinn dhachaidh air a sheann dalladh.

Fad sheachduinean bithidh e ceart gu leòir; an déidh gach daoraich their e gur e sud an té mu dheireadh; gu'n d' fhuar e leasan air an tarruing so, agus nach 'eil e a' dol a chur deur uisge-bheatha 'n a bheul gu bràth tuilleadh. Ach chuala a bhean sin fichead uair cheana, is tha fhios aice nach 'eil ann ach bòilich fhaoin anns nach ruig i a leas earbsa a chur.

### Ciocras na dibhe

An uair a dhùisgeas miann agus ciocras an uisge-bheatha ann am feòil duine tha mar gu'm biodh cruimh phuinnseanta a' dol 'n a fhuil, agus cuileag fhiabhrsach 'n a cheann. Fàsaidh e cho dranndanach, crosda, 's nach 'eil e furasda a bhi beò anns an aon tigh ris. Chì sùilean gaolach a mhñatha, là no dhà roimh 'n àm, leth-dusan comharradh leis an aithnich i gu bheil luaineachas 'n a fhuil agus 'n a fheòil. Is e aon de na comharrайдhean sin gu'n tòisich e air innseadh bhreug, a' moladh dhaoine nach toigh leis idir, agus gu sònrucht euideachd na mnatha, ag ràdh fichead uair anns an oidhche gur fada bho nach faca e Eòghan,

no Iseabal, no Catriona, agus gu'm feum e tadhall orra am màireach. Ni a bhean taobh a theine féin cho blàth, agus cho glan, agus cho comhfhurtachail dha 's is urrainn dhi, is abraidd i gu'n iarr i Eòghan agus Iseabal agus Catriona a dh' ionnsuidh an tighe oidhche air bith a thoilicheas e, ach cha chòrd sin idir ris, is fàsaidh e cas, is their e gur bochd an gnothuch mur faod duine smog a ghabhail an tigh coimhearsnach uair 's an ráidh.

Chan 'eil toll a ni ise nach cuir esan cnag ann, agus dealbh na firinn air a h-uile lethsgeul a bhithreas aige, ged tha fhios aig a mhñaoi gu maith nach 'eil annta uile ach lethsgeulan agus breugan leis a bheil e a' feuchainn ri ise, agus ris féin, agus ri Dia a mhealladh.

### Bròn nam ban

Ach ciod am feum a bhiodh ann dhomh an còrr innseadh? Cha naidheachd ùr so, is chan 'eil duine d' an aithne duine eile aig a bheil ciocras air uisge-beatha 'n a fheòil nach faod an naidheachd a chriochnachadh. Am màireach bithidh e dhachaidh aig uair na dinnearach, agus clove 'n a bheul, ag innseadh d'a mhñaoi le bòilich gu'n do thachair seana charaid air, a theab an cota a shracadh bhàrr a dhroma, 'ga tharruing a steach do Thigh-an-oisein, *ach cha rachainn ann leis*. Ach aig uair na tea cha tig e dhachaidh idir, agus an sin cuiridh a bhean bhochd am biadh a tha fàs fuar anns an àmhumann, is fanaidh i air a cois gu dà-uair-dheug, a' sealltuinn a mach an dràsd 's a ris, feuch an cluinn i e a' sporghail dhachaidh. Thig e dhachaidh air a' mheadhon-oidhche, air a chòmhachadh le fhuil féin agus le poll, is chan 'eil de chloves no de eau-de-cologne am Baile-chloichridh na dh' fholuicheadh a näire. O, a mhñathan gòrach, a cheanglas sibh féin gu h-aotrum ri drongair, cuimhnichibh gu'n téid claidheamh troimh 'ur cridhe, agus gu'n guidh sibh air uairean a bhi marbh!

\* \* \* \* \*

Mur bheil mi air mo mhealladh tha barrachd òil a' dol air aghaidh o chiomh dà bhlàdhna na bha anns na bliadhnaagan an déidh a' chogaidh. Chan urrainn mi so a dhearbhadh a chionn nach

urrainn dhomh bruidhinn ach mu'n oisean bheag de 'n dùthaich a tha làimh riùm. Ach tha mi a' faicinn comharradh no dhà anns an oisean bheag so gu bheil barrachd dhaoine ag òl an diugh na bha o chionn bhliadhnachan.

### Bainne no leann

Leigidh aon ite fhaicinn dhuit ciod an taobh a tha a' ghaoth, ach tha rud no dhà eile 'a' dearbhadh na thubhairt mi. An uiridh bha 18,500,000 galan leanna barrachd air òl anns an rioghachd na bha air òl a' bhliadhna roimh sin, agus 145,000,000 galan barrachd 's a bha air òl an 1932. Tha seòrsa de chuimhne agam gu robh sgillinn air a toirt bhàrr na piint leanna uair-eigin o chionn beagan bhliadhnachan, is theagamh gur e sin an t-aobhar gu bheil barrachd leanna air òl a nis. Tha e air a ràdh gu bheil an dùthaich so ag òl barrachd leanna 's a tha i ag òl de bhanne. Ged nach do bhais mise leann riamh, chan abair mi nach deoch fhreagarrach e do sheòrsachan sònruichte dhaoine, ach 'nuair a chuimhniceas mi air na tha de mhìathan agus de chloinn anns an dùthaich, air an fheàrr a tha bainne a' freagairt na leann, chuir e clisgeadh orm fhaicinn nach 'eilear ag òl uiread bainne 's a thatar ag òl de leann. Mur bheil an leann a' freagairt air cloinn cha mhò a tha e a' freagairt air bodaich.

Bodaich bheaga a' bhaile ud thall

Bodaich Obriachain

'Nuair a dh' òlas iad an leann

'S mór a bhios de blruidhinn orra

\* \* \* \* \*

Bha là ann anns am bitheadh a' cheist so air a' chlàr aig a h-uile comunn-deasboireachd anns an dùthaich, "Co dhiubh as fheàrr stuamachd no tur-sheachnadhbh dibhe?" Bha e air a ràdh nach 'eil na sgriobturan a' toirt gnùise do thur-sheachnadhbh an uisge-bheatha idir, ach gu bheil stuamachd air a theagasc anna, is bhatar a' sealltuinn sios air daoine a rachadh fo bhòidean nach blaiseadh iad deoch gu bràth ach le òrdugh dotair, mar nach robh anna ach creatairean truaghach nach b' urrainn earbsadh asda féin. Ach thàinig atharrachadh mór air beachdan dhaoine a thaobh na cùise so, agus is e na ministearan a bha 'n an cinn-iùil do'n t-sluagh, co dhiu an Albainn, ann a bhi a' seachnadhbh dibhe gu buileach. Tha barrachd mhiniestearan a' tur-sheachnadhbh dibhe na tha de sheòrsa air bith eile de dhaoine, chan ann a chionn gu bheil eagal orra roimh bhuaireadh iad féin, ach a chionn gu bheil iad air son eisiomplair mhaith a thort do dhaoine eile, agus am fianuis a thogail an aghaidh chleach-danna-òil a tha deanamh cron agus call do'n dùthaich.

### An t-Ollamh Tomas Guthrie

Buinidh móran de'n chliù air a shon so do'n t-seann Eaglais Shaoir anns an taobh deas, agus do'n eaglais U.P.; ann an Eaglais na h-Alba, agus anns an Eaglais Shaoir anns an taobh tuath, b' fheàrr leò stuamachd a theagasc do'n t-sluagh na tur-sheachnadhbh. Tha mi an dùil nach do chuir aithrìchean Rois, no an clann spioradail, gu sònruichte an fheadhainn ris an abrar na "daoine," riamh an aghaidh uisge-beatha a bhi air a chur mu'n cuairt ann am measarrachd aig àm Comanachaidh, no aig amannan eile aig am bitheadh ministearan agus fairbhich agus na "daoine" cruinn.

Tha mi an dùil gur e an t-Ollamh Tomas Guthrie a' cheud fhear de dhaoine-móra na h-eaglais a' thòisich air cur an aghaidh mhiniestearan a bhi fulang dibhe air a' bhòrd 'n an tigh féin, no a bhi 'g a taigessinn d' am bràithrean, ach 'bha e air a shaolisinn cho neònach gu'n rachadh an t-Ollamh Tomas Guthrie fo bhòid nach blaiseadh e alcohol gu bràth 's gu robh e air a mhionmhur gu 'm b' e an t-aobhar nach b' urrainn dha a ghabhail ann am measarrachd. Cha b' e sin an t-aobhar idir; bha Tomas Guthrie a' faicinn na truaghe a bha deoch làidir ag aobharrachadh am measg nam bochd, agus air ghaol an cuideachadh, chaidh e an aghaidh fasan an am ud. An sin thòisich daoine eile air a leantuinn, urracha móra mar bha Principal Rainy agus Principal Cairns, is sgoail am fasan ùr cho luath agus cho farsuinn's nach robh a bheag de mhiniestearan anns an eaglais U. F. an 1900 nach robh am measg Cuideachd an Ribein Ghuirm.

### An aghaidh tur-sheachnaidh

An toiseach bhatar a' sealltuinn sios air muinntir an tur-sheachnaidh, mar dhaoine nach robh làidir anns an stamaig no anns a' cheann, a bha dol air seachran o theagasc nan Sgriobturan, *stuamachd*, agus a' teagasc ni nach robh air a chomhairleachadh anns a' Bhiobull. Mar sin bha ministearan diadhaidh mar bha Horatius agus Anndra Bonar car fionnar ri bràithrean an tur-sheachnaidh. Bha feadhainn eile nach fulingeadh iad idir. Uair a bha e air iarraidh air ministear an Dun-éideann ainmeachadh anns a' chubaid gu robh neach sònruichte ri bhi bruidhinn anns an eaglais an ath oidhche Di-màirt mu thur-sheachnadhbh dibhe, an déidh dha an rud ainmeachadh, thubhairt e, "Chomhairlichinn dhuibh 'ur Biobuill a thoirt dhachaidh leibh." An uair a thòisich an t-Ard Sheanadh air iarraidh air ministearan labhairt r' an coimhthionaillean mu stuamachd, bha aon mhiniestear a bhitheadh a' tòiseachadh air an t-seirbhis air an là sin leis an t-salm so,—(Ri leantuinn)



## Ar cùram

LEIS AN ARD-OLLAMH NACH MAIREANN, AN FIOR URRAMACH H. R. MAC-AN-TÓISICH, D.D., AN DÙN-ÉIDEANN

"*Tily air an Tighearn do chùram, agus cumaidh esan suas thu.*"—SALM. LV. 22.

AIR a' cheud là de 'n bhliadhna bu mhaith leam labhairt ris gach neach a leughas an duilleag so mu chuid de na cùraman agus de na h-uallaichean as cumanta agus as truime a tha daoine a' giúlan. Agus gus tòiseachadh leis an uallach as truime anns an t-saoghal tòisichidh mi le uallach a' pheacaidh.

Na 'n robh an t-uallach so air a thoirt air falbh bhuainn rachadh againn air gach uallach eile a ghiúlan gun ghearan. Chan 'eil rud air an t-saoghal a bheir aoibhneas air falbh as a' chridhe cho luath ris a' pheacadh; millidh e do shaorsa agus do shìth, agus ni e do smuain-eachadh agus do chuimhne searbh dhuit. Chan 'eil mi a' ciallachadh peacaidhean gràineil a mhàin, ach ar n-uile theachd-geàrr am fianuis Dhe. Ma sheas thu riamh, a leughadair, an làthair Iosa Criod, agus ma dh' fhairich thu a shùilean naomh 'g ad rannsachadh mar mhile coinneal, is cimteach mi gu robh näire ort agus gu robh e dhuit mar roimh-bhlas air là a' bhreftheanais. Ma dh' fhairich thu so 'n ad fhiosrachadh féin, is aithne dhuit uallach eagallach a' pheacaidh. *Uallach eagallach*, chan 'eil falac eile air a shon ach sin.

## An làthair Chriosd

Gus an seas duine ann an làthair Chriosd cha tuig e a chionta gu ceart, agus chan fhairich e uallach a pheacaidhean. Saoilidh e gu bheil èuisean d'a thaobh ceart an uair nach 'eil iad ceart idir, ach ann an làthair Chriosd tha an t-aineolas spioradail sin air fhuadach mar cheò, agus tha a pheacaidhean air an dearbhadh air le ùghdarras agus cumhachd an Spioraid Naoimh.

Ach ciod a nithean ris an uallach so? Ciod ach a thilgeadh air Dia? Sin an aon ni a ghabhas deanamh ris, a thilgeadh air Dia le aithreachas diadhaidh agus le näire, ach mar an ceudna le creideamh agus le taingealachd gu'm faod sinn sin a dheanamh. Chan urrainn dhuinne na nithean a rinn sinn ceàrr a cheartachadh, no ar eridheachan a dheanamh glan an taobh-a-stigh dhinn, no sinn féin a shaoradh o chorp a' bhais a tha ceangailte riunn. Ach an ni a tha eu-comasach dhuinne tha e comasach do Dha.

A dh' aindeoin ar n-uile sheachranna tha Criod a' tionndadh riunn, agus ag ràdh, "ormsa thuit toibheum na muinntir sin a

thug toibheum dhuitse" (Salm lxix, 9). Ciod eile a chràdh e ann an gàradh Ghetsemane, agus a thug air fhallus taomadh gu lär mar bhraonibh fala ach an t-uallach eagallach so, peacadh an t-saoghal? Ciod eile a thug air a chridhe leaghadh 'n a chom, no thug air glaodhach an éigin anna "Mo Dhia, Mo Dhia, car son a thréig thu mi?" ach an t-uallach eagallach so, peacadh an t-saoghal?

Their cuid de dhaoine gu bheil e furasda maitheanas fhaotainn, agus nach 'eil e a' cosd saothair no àmhghar do Dhia maitheanas a thoirt do pheacaitch. Ach chan abair thu sin, a leughadair, ma bleachdaicheas tu air na thachair air Calbhar, ma sheallas tu air Mac naomh Dhe a' fulang 'n a chorp agus 'n a anam chum gu'm biodh fireantachd Dhe agus gràdh Dhe air am foillseachadh.

## An làthair a' Chroinn-cheusaидh

Ma bu mhaith leat gràinealachd a' pheacaidh a thuigseinn, agus an cogadh naomh a tha sìor dhol air aghaidh edar Dia agus aingidheachd an t-saoghal, seas an làthair a' chroinn-cheusaídh agus smuainich air na tu a' faicinn an sin. An sin chi thu gràdh Dhe a' dol sios do'n dòimhneachd chum na ciontaich a shaoradh. Sin agad an soisgeul 'n a ionghadh siorruidh, an sgeul iongantach agus aoibhmeach a tha ag innseadh dhuinn gu'n d' fhuiling Dia 'n a Mhac air son ar n-easaontais-ne. Ged tha an t-iongnadh siorruidh so os cionn ar tuigse gidheadh tha e a' toirt dearbhaidh dhuinn gu'm faod sinn saorsa fhaotainn bho uallach a' pheacaidh.

A bheil thusa, a leughadair, a' giúlan an uallaich sin fhathast, no an do thilg thu e air Uan Dhe? An taimig thu 'g a ionnsuidh agus an dubhaint thu, "Ionnlaid mi agus bithidh mi na's gile na sneachd." Ma thàinig, bithidh an t-òran-molaidh so 'n ad chridhe, "Dhàsan a ghràdhaich sinn agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhean 'n a fhuil féin, dhasan gu robh urram agus glòir gu siorruidh."

## Bristeadh-cridhe

Sin uallach eile a chromas daoine anns an duslaich. A h-uile là d'ar beatha tha daoine a' tachairt oirnn aig a bheil eridheachan goirt is leònta, daoine a chaill an dùil agus an dòchas, daoine a tha aonarach agus lom de chuideachd,

a' caoideh na feadhnaich a dh' fhalcadh. Air uairean tha bròn a' dùsgadh as-creideamh an eridheachan dhaoine, ach mar is trice chan ann idir ann an luchd a' bhròin fhéin, ach ann an daoine eile a tha faicinn am fulangais.

Theagamh, a leughadair, gu'n deachaidh thu a dh' amharc neach air chor-eigin ann an là na trioblaid; sheas thu aig an dorus agus eagal ort dol a steach, gun fhios agad ciod a theireadh tu, no ciod a' chomhfhurtachd a thairgeadh tu. Ach cha robh fath eagail ann, oir cho luath's a dh' fhosgail an dorus, chunnaic tu gu robh an neach a chaithdhu a dh' amharc na bu chiùine agus na bu striochdte ri toil Dhe na thu féin, foisneachail anns an Tighearn.

An àm a' chogaidh chaidh mi a dh' fhaicinn ban-charaid a chaill trì mic an taobh a stigh de bheagan sheachduinean. A h-uile uair a thàinig droch naidheadh thuice chaidh mi 'g a faicinn, is cha d' fhàg mi riamh a tigh gun ionghnadh a bhi orm cho ciùin's a bha i, agus na tuiltean a' dol thairis oirre. An uair mu dheireadh a bha mi 'g a faicinn b'e so am facial a thubhairt i rium, agus mi 'n am sheasambh air an stairsnich a' fágail beannachd aice, "Tha coibhneas an Tighearna mór." Thug earbsa a' bhoiriomhaich ud ann an Dia cro-nachadh do m' anam.

### Dearbhachd làidir

Ach is e an t-aobhar gu bheil an seòrsa dhaoine so cho ciùin agus cho creidmheach gu bheil Dia a' toirt dhaibh, maille ri an àmh-gharan, dearbhachd làidir 'n a ghràdh féin agus 'n a chomhfhurtachd féin 'n an airc. Tha e a' leagail a làimhe air an uallach agus 'g a dheanamh aotrum, air chor agus gu'm bi fiamh gàire air an aodann agus na deòir 'n an sùilean.

Feumaidh sinn uallach ar trioblaid a thilgeadh air Dia. Is aithne dhasan ciod a ni e ris. An d' thug thu an aire cho caomhail agus cho trócaireach 's a bha Criosd ann an làithean fhèola? Air dha a bhi a' coimhead air Iosa

agus e a' saothrachadh fad an là am measg nan daoine a bha bochd agus easlan, thubhairt Mata m' a thimchioll. "Ar n-anmhuinneachd ghiùlain e agus ar doilghiosan dh' iomchair e." Is ann o Dhia a tha ar cobhair agus ar neart a' teachd, ach ged tha cobhair agus neart agus gràdh ann an Dia, air son ar n-uile uireas-bhuidhean, feumaidh sinn cobhair iarraidh an àm ar feuma. "Gun chreideamh chan 'eil e 'n comas Dia a thoileachadh" (Eabh. xi, 6); chan 'eil iobairt no aoradh eile a cha cho tait-neach am fianuis Dhe ri earbsa iomlan a chur ann.

### Na làithean a tha air thoiseach

Sin uallach eile a bu chòir dhuinn a thilgeadh air Dia. Tha am bàs air thoiseach oirnn, is tha am bàs 'n a chùis-eagail agus 'n a uallach. Ach tha làithean as dluithe dhuinn na là ar bàis 'n an cùis-eagail, oir tha cunnartan a' tachairt oirnn gun sgur air slighe ar beatha. Am mair ar neart, agus an criochnaich sinn ar réis gun ar clù no ar dilseachd a chall?

Tha an t-eagal sin 'n a uallach agus 'n a uallach trom; do dhaoine meata chan 'eil uallach eile air an t-saoghal cho trom ris, ach is uallach e a dh' fhaodar a thilgeadh air Dia. An uair a tha Criosd a' teàrnadh duine chan 'eil e 'g a fhàgail an urra ri neart agus innleachd féin; tha e a' fantuinn maille ris agus a' gabhail cùram dheth. Tha e a' toirt dha beatha nuadh, aignidhean nuadh, dòchas nuadh, sòlasan nuadh, neart nuadh, air chor agus gu'm faod e a ràdb, "Is urrainn mi na h-uile nithean a dheanamh tre Chriosd, a neartaicheas mi" (Phil. iv, 13).

Ciod tuilleadh a their sinn? Ciod ach so? ma tha uallaichean agam, tha neart agus gràdh aig Dia; agus tha e ag iarraidh oirnn ar n-ullaichean a thilgeadh air-san. Co dhimh is e do pheacaidhean, no do bhròn, no eagal an là màireach, no eagal a bhàis, a tha 'n a uallach dhuit, cuimhnich nach ruig thu a leas feuchainn ris an uallach a ghiùlan 'n ad neart féin; tilg t' uallach air Dia; tog suas do chridhe agus abair ris, "Seadh, Athair, is ann mar so a tha do dheagh thoil-sa."

## Anns a' Choille Bheithe

**G**ED tha e marbh bho chionn deich bliadhna tha cuid de na litrichean a bhitheadh e a' sgrìobhadh thugam agam fhathast, air an gleidheadh gu cùramach ann an dasc beag anns an t-seòmar far am bi mi ag obair. An uair a bha a thiomadh air a leughadh an déidh a bhàis bha mise air m' aimmeachadh ann mar aon de na cileadairean ris an d' earb e sealtruimh as déidh a chùisean sao-ghalta. Cha robh sin duilich a dheanamh oir bha a h-uile ni air fhàgail aige cho

ordail 's a ghabhadh iad a bhith; gu ruige nan leabhrachaean-laoidh a bhuineadh dha anns an eaglais bha e air innseadh anns an Tiomadh ciod a dheanteadh riu. Cha d' fhuair mo charaid móran cothroim 'n a dìge, air chor agus nach abrainn gu'm bu sgoilear maith e, ach ged nach robh an seòrsa ionnsa-chaidh aige a gheibhean anns na sgoilean no ann an leabhrachaean, bha e 'na dhuine beachdail aig an robh inntinn gheur agus làidir gu nàdurra, is bha salann a' ghliocais 'n a shean-

chas daonnan, agus anns na litrichean a bhitheadh e a' cur thugam dà no trì dh'uairean anns a' bhliadhna. Sin an t-aobhar gu'n do ghléidh mi cui'd d'a litrichean, agus gu bheil mi a nis a' toirt aon no dhà dhiubh am follais, mar atharrachadh air na nithean a bhitheas mi fhéin ag ràdh anns na duilleagan so.

### An dòigh Cheàrr

Cha robh e riamh pòsda, is theagamh gur e sin an t-aobhar gu bheil uiread anns na litrichean aige mu'n dòigh anns am bu chòir clann a bhi air an togail. Bha aon droch fhasan aige ; cha bhitheadh e a' cur na bliadhna air a litrichean idir, ach a mhàin là na seachduin, no an là de'n mhios air an do sgrìobh e iad. Mar sin chan urrainn mi a ràdh c'uin a sgrìobh e an té so, ach theagamh gur ann ann an 1924, a' bhliadhna anns an do chuir a choimh-earsnaich air Bòrd nan sgoilean e, no air Comunn-Riaghlaidh nan sgoilean, ma's e sin facal as fheàrr leat.

" Ann an ionnsachadh na cloinne thatar daonnan a' toiseachadh aig a' cheann cheàrr, ach cha bhi rath air an dùthach no air a' chloinn gus an tòisichear aig a' cheann cheart. Chan e crioch àraidi an ionnsachaidh gu'm biodh daoine air an uidheamachadh gu obair no airgiod a dheanamh, ach gu'm biodh an *sùilean air am fosgladh*. Cha bu chòir do dhaoine a bhi smuaineachadh air an ionnsachadh mar rud anns a bheil buannachd, ach mar rud anns a bheil toil-intinn. Tha amharus agam nach cuireadh párrantan an clann do'n sgoil, agus nach páigheadh an dùthach air son ionnsachadh a thoirt do'n chloinn mur biodh párrantan agus an dùthach am beachd gu'n sealbhaich na cuntairean an talamh mar oighreachd."

### An inntinn litireil

Cha bu toigh leis idir daoine tioram aig an robh an inntinn litireil, agus bhiodh e ag ràdh glé bhitheanta nach robh freumh a' ghlìocais ann an duine air bith de'n t-seòrsa sin. Là a bha e ann an eaglais Inbhir-Chlámhain bha Maighstir Ruairidh a' searmonachadh mu Eubh agus mu'n nàthair lùbach a mheall i. Chuir e seachad dà thriant de'n ùine a' mìneachadh do'n choimhthional nach bu chòir dhaibh an naidheachd a ghabhail gu litireil, a chionn nach b' e gné na nàthach a bhi ri seanchas. Cha do chòrd so ri mo charaid, mar a dh' fhaodar fhaicinn o'n litir so a sgrìobh e thugam Di-luain.

" Bha mi an dé anns an eaglais, ach ma bha, thug Maighstir Ruairidh clach dhomh an àite arain. Lean e air fad uair an uaireadar, a' drannail mu Eubh agus mu'n

nathair, ag earalachadh dhaoine gun an naidheachd a chreidsinn, a chionn nach robh teanga aig an nathair leis am bruidhneadh i. Am burraidh bochd! Bha e cha eudmhòr air son na firinn bhig's nach d'amais e air an fhìrimh mhòir. Coma leam ministearan aig a bheil inntinnean maola. Ciod an cron a tha e a' deanamh do chloinn bhig, no do dhaoine móra cuideachd, a bhi creidsinn gu'n d' thàinig Satan gu Eubh ann an riocd nàthach? Ciod an riocd eile anns an tigeadh e? Nach 'eil sin féin a' dearbhadh gu bheil an naidheachd fior! Ged bha am fear a dh'innis an naidheachd so an toiseach beò ann an ògmhadtunn an t-saoghail, bha e fada na bu ghlike na ministear Inbhir-chlámhain ; bha ealadhain aige air naidheachd mhàin innseadh nach 'eil aig Maighstir Ruairidh. An àite a bhi dol leis na daoine sin a tha cumail a mach nach 'eil cuid de na naidheachdan a tha anns an t-seann Tiommadh fior is e mo bheachd féin gu bheil na *naidheachdan* daonnan fior, agus gur e na *leasain* a bhios Maighstir Ruairidh agus a sheòrsa a' tarruind asda a tha ceàrr, agus gun dreach na firinn orra. Tha na naidheachdan cho fior ri Cinderella, no ri Santa Claus, no ri naidheachdan mòra siorruidh de'n t-seòrsa sin. Tha cuimhne agam cho duilich's a bha mi a' cheud uair a chunnaic mi ann an leabhar nach e cat coltach ris a' chat againn fhéin a rinn fhortan do Dick Whittington, ach soitheach-seòlaidh Lochlannaich ris an an abradh na Lochlannaich Cat, bata a bheireadh leatha sia ceud tunna. Coma leam daoine beaga le suilean biorach nach 'eil a' creidsinn ann am bodach na gealaich, no anns na sithichean. Gheibhear an diadhaidheachd choitchionn agus fhòr na's bitheanta anns a' chloinn na gheibhear i anns na diadhairean, fhéin, agus co a' chlann nach fhaca na sithichean' a' damnsadh air na tulaichean ri solus na gealaich."

### Ar Màthair Eubb

Na'n robh mo charaid aig m' uilinn agus cothrom agam air a cheasnachadh, bu mhaith leam aon cheist a chur air nach cuala mi riamh air a freagairt, Car son nach 'eil fuath aig a sliochd do Eubb? A réir teagastg na h-eaglais rinn Eubb cron air a' chinne-daonna nach do rinn bean no fear eile a bha riamh beò, ach air a shon sin uile cha chuala mi riamh duine a' faotainn coire dhi, no iomradh air duine aig an robh fearg no fuath 'n a chridhe dhi. Chan ann mar sin a bhios sinn a' faireachduinn mu dhaoine eile a rinn olc oirnn fhéin no air na daoine o'n d' thàinig sinn. Car son, mata, a tha daoine cho toigheach air

Eubh 's a tha iad ; am boirionnach a bu mhàthair-aobhair do gach truaighe a thàinig air a' chinne-daonna ? Air uairean bidh e a' tighinn a steach orm gu'n do dhìchuiumhnicn na diadhairean so, an uair a rinn iad an crioman ud do'n chreud a tha ag innseadh mu thuiteam mhic an duine.

### Pussyfoot

Ged bha mo charaid cho stuama ri Timoteus no ri Gandhi dh' fhairtlich e riamh orm a tharriuing a steach do "Chomunn an tur-sheachnaidh." Bhitheadh e ag ràdh rium nach robh annainn uile ach daoine a bha air son saltairt air daoine eile, agus an saorsa a thoirt bhuapa ; nach b' fheàrr sinn dad na na Pacifists. Cha bu toigh leis na Pacifists idir, a chionn gu bheil iad cho caonnagach, is bhitheadh e ag ràdh, "nuair a thòisicheas daoine air leanmanachd ri Pussyfoot no ri Pacifist tha enuimheag air dol 'n a eanchainn a chuireas fiabhrus a' chuthaich ann." Bhitheadh e ag ràdh cuideachd nach b' urrainn dha a thuiginn car son a bha mise a' dol am measg nam Pussyfoots ; gu'm feumadh e bhi gu robh seachran air chor-eigin 'n am cheann a thigeadh gu droch bhuil uair-eigin, agus a' bhlàidhma a bha sinn a' feuchainn ri deoch-làidir a chur as ann am Blàr le guth-taghaidh an t-sluagh, agus a bhithinn air cheann nam coinneamhan a bha air an cumail air a shon sin, fhuair mi trì no ceithir de litrichean bhuaith, a' tarruing asam agus a' deanamh fochaid bheag laghach orm, is gath 'n a h-earball.

"Leugh thu barrachd 's a leugh mise riamh, is tha fhios agad glé mhaith gu robh daoine glic anns a h-uile linn ag ràdh gur e Ol, agus Ceòl, agus Gaol, trì sòlasan as mothà anns an t-saoghal. Cò thusa, má ta, gu'n togadh tu doghuth an aghaidh fiosrachadh agus gliocas nan linntean ? Thubhairt duine as glice na thusa nach do chuir e riamh a mach airgiod a thug dha riread toil-inntinn ris an airgiod a chosd e air fion maith, agus nach do rinn na dh'ol e riamh de fhion ach maith mór d'a bhodhig agus d'a spiorad. Tha cuimhne agad air Calum Mac Coinnich a bha ann an Cill-Bhrìghde ; 's ionadh uair a chuala mi Calum ag innseadh dhuinn gu'n tugadh deur beag de stuth Thalisgeir air-san maitheanas a thoirt d'a choimhairsnaich, agus a bhi ann an sith riutha, móran na bu laithe na searmoin Mhaighstir Ruairidh."

### Mu shearmonachadh

Ged nach robh e 'n a phearsa-eaglais bha e daonnan a' seasamh air taobh na h-eaglais, agus is ann glé annamh nach bitheadh e anns an eaglais air an t-Sàbaid. A thuilleadh air sin bha e a' leantuin 'n a thigh féin na cleachd-

aidhean cràbhach a dh'ionnsaich e 'na òige. Ach an uair a tha chramaid air a chéile bhitheadh e ag innseadh dhomh gu robh shearmonachadh Mhaighstir Ruairidh 'na sgiths d'a fheòil, agus gur h-iomadh uair a bha e féin agus an coimhthional 'n an cadal agus Maighstir Ruairidh a' drannail air aghaidh mu nithean nach buineadh do shaoghal nam beò idir. Ach bha meas aige air Maighstir Ruairidh gu pearsanta, is cha bu mhaith leis gu'n rachadh duine eile an sàs ann. Is e an fhírinн gu robh e gearanach air teagastg na Cléire air fad, ag ràdh nach robh e 'na ion-ghnadh an dùthaich a bhi a' tuiteam air falbh bho 'n Chreideamh Chriosduidh 'nuair nach robh fhios aig an eaglais féin ciod e an Creid-eamh Chriosduidh. Ann an té de na litrichean a chuir e thugam uime so sgríobh e,

"Tha fhios agam nach 'eil feum air bith ann dhomh dol ann an argumaid riutsa mu theagastg mhinistearan an diugh, a chionn gur e fear dhiubh a tha annad féin, a chionn cuideachd gu'n seas sibh a chéile mar a sheasas gach ceaird anns an dùthaich càch a chéile, agus a chionn gur h-aithne dhuit barrachd 's is aithne dhòmh-sa mu'n Bhiobull. Ach air a shon sin cha ruig thu a leas oilbheum a ghabhail ma their mi riut nach e mhain nach 'eil fhios aig an t-sluagh an diugh ciod a tha an eaglais a' teagastg ach nach eil fhios aice féin. Uaireigin de'n t-saoghal bha an aon teagastg làidir aig ministearan na h-Alba uile, is bha e air a chur an altaibh a chéile cho finealta agus cho cothromach 's nach b' urrainn daoine gun an soisgeul, no innleachd na saorsa, a thuiginn—thuit an cinne-daonna an uair a dh'ith Adhamh am meas toir-misgte ; bha iad uile fo mhallachd Dhe agus toillteanach air ifreann ; bha iad gun chomas air iad féin a shaoradh, ach ann an lànachd na h-aimsir dh'ullaich an t-Athair siorruidh Slànuighear dhaibh, a Mhac gràdhach féin a bha air iobradh air Calbhari chum éiric a thaiginn do Dhia agus peacach a shaoradh o chorruich Dhe agus o phiantan ifrinn. Bhitheadh na seann mhinistearan a' labhairt riunn, mar dhaoine aig an robh fios cinnteach, mu thaghadh agus mo riuntean Dhe, mu'n ghloir a tha feith-eamh air na naoimh ann an nèamh agus mu'n truaighe shiorruidh a tha feitheamh orra-san a bhàsicheas gun gabhail ri taigse an t-soisgeil. Ach cia meud eaglais anns an cluinnear an teagastg sin an diugh ? Mar is trice cha chluinn mi anns na h-eaglaisean an diugh ach an seòrsa seanchais a dh' fhaodainn fhéin a thoirt do chloinn ann an scoil Shàbaid, naidheachdan beaga, is comhairlean saoghalta, is earailean leana-

bail, ag iarraidh air daoine a bhi coibhneil ri càch a cheile, agus obair na h-eaglais a chuideachadh ; ma ni iad sin bithidh iad sàbhailte gu leòir air a' cheann mu dheireadh. Theagamh gu bheil so air a chur ro làdir, agus gu'n abradh do bhràithrean nach 'eil mi a' labhairt gu cothromach, ach ged a dh' fhaodas e bhith nach 'eil an fhìrinn uile ann, tha tomhas maith dhi ann, agus ge b'e àite am bi daoine cruinn, ma bheirear tarruing air an eaglais no air ministearan, cluinnidh mi iad uile a' gearan nach 'eil an eaglais an diugh a toirt dhaibh teagaing a riaraicheas an inntinn no bheathaicheas an anam."

### Freumh de'n fhìrinn

Cha rachainn-sa leis fad na slighe anns na thubhairt e, ach air a shon sin, bha freumh de'n fhìrinn aige. Chan 'eil teagamh nach 'eil an saoghal uile ann an ceò an diugh, cho maith ris na ministearan, agus gun fhios aig daoine ciamar a chòrdas an solus ùr agus an t-eòlas ùr a tha bruchdadh orra o gach thaobh ris na seana bheachdan a bha aca mu Dhia agus mu'n Chruthachadh. Tha an seann saoghal a' dol as an t-sealladh agus saoghal ùr 'g a bħreith, saoghal anns a bheil eriochan an eòlais air an atharrachadh a h-uile bliadhna. Tha am fion ùr air na seann searragan a bħriseadh, ach ged a dh' fhaodas daoine a bhi an iom-chomhairle a thaobh sud agus so ann an rioghachd na Fìrinn sgaoilidh an ceò fhathast, agus chi iad na reultan agus na comharraighean eile leis an stiùir iad an cursa.

Ma tha searmonaiche air bith aп dùil gu'n téid aige air leantuinn air an diugh, a' labhairt ris a' ghineil òig ann an cainnt an t-seann t-saogħail, tha e 'g a mhealladh féin. Ma

thòisicheas e air labhairt riu mu thuiteman an duine ann an Adhamh their iad ris nach 'eil dad dheth sin a dhìth orra, gu bheil fhios aca gu maith cheana gu bheil am peacadh dùthchasach dhaibh, agus gu'm faadar an gnothuch fhàgail mar sin, is iarraidh iad air innseadh dhaibh ciod a dh' iarradh Criosd orra a dheanamh anns na làithean so ; ciod e inntinn Criosd a thaobh eaglaisean a tha a' cosd móran airgid 'g an cumail suas ; a thaobh an ràiteachais agus na h-aimhreit a tha am measg rioghachdan ; a thaobh thighean-cluich agus thighean-dhealbh ; a thaobh na geallanachd a tha dol air aghaidh aig réiseadh-each, is réiseadh-chon, is ball-chluicheachd ; a thaobh nan cleachdanna-marsantachd a bhithreas a' toirt oilbheum d' an coguis ; a thaobh pòsaidh agus na dòighean anns a bheil párrantan a' seachadh clann a bhi aca; a thaobh sheotachan am measg an t-sluagh, ciod a nithear riu ; a thaobh fishead ceist eile air am bu mhaith leò solus a bhi aca a threòrachadh an ceuman. An iarradh Criosd oirnn maoin na rioghachd so a roinn air treubhan bochda an t-saogħail a chionn gur e clann an aon Athar a tha amntasan agus annainne ? An tugadh e oilbheum dha na'm bacadh tu d' ad nighinn duine dubh a phòsadh ? An toirmisgeadh e dhuinn ar margaidhean a dhùinadh do rioghachdan eile le tariffs. Ciod a theireadh e ri pòsadh eadar Pròstanach agus Pàpanach ? Sin an seòrsa cheisteán a tha a' laighe air inntinnean agus air coguisean dhaibh greim fhaontaïn air lagħ Criosdail a dh' fhuasglas na ceisteán sin na bhi a' cluinniñ chomhairlean maithe, Sàbaid an déidh Sàbaid, ag iarraidh orra a bhi 'n an cloinn mhaith, agus obair na h-eaglais a chuid-eachadh.

## Aig an Uinneig

### Ordugh an t-Seanaidh

ANNS an àireamh mu dheireadh rinn fear-Àa'-chlödh orm mar a bhitheas tu féin, a leughadair, a' deanamh gu tric air an fheadhainn a bhitheas a' bruiddhinn air an Radio ; chuir e stad orm m' an do chríochnaich mi mo sheanchas. Bha mi ag innseadh mu mhiniestear nach robh idir a' creidsinn ann a bhi a' cur dhaoine fo bhòidean uisge-beatha a thur-sheachnad, ged bha e féin anabarrach stuama. An uair a thigeadh an t-Sàbaid anns an robh e air iarraidh air ministearan leis an Ard-Sheanadh searmon a liubhairt air a' chuspair so, thòisicheadh e air an t-seirbhís leis an t-salm so,

Bheir e air feur bhi fàs do'n spréidh,  
'S air luibh bhi fàs gun sgios  
Do dhaoine, chum gu'n tugadh iad  
O'n talamh biadh a nios.

Is fion a chuireas cridhe dhaoin'  
Air shubhachas 's air ghean,  
Is oladh fòs a ni an gnùis  
Le maise dearach glan.

Leughadh e, gun falac a ràdh uime, mar rinn Criosd fion de'n uisge ann an Càna Ghàilie, agus an sin bheireadh e dhaibh searmon ag earalachadh orra tròcairean Dhe uisneachadh gu measarra agus le taingealachd. Chan abrainn gu robh an duine ud 'na mhac umhail d'a mhàthair, ged thug e géill gu litireil do àithne an t-Seanaidh.

Ann an làithean fheòla tha e coltach nach robh Criosd a' tur-sheachnad fiona ; na'n robh shaoileadh tu nach cuireadh iad as a leth gu robh e 'n a phòitear fiona. Ach chan 'eil sin a' ciallachadh nach bitheadh e an diugh, na'n robh e anns an t-saogħal, air taobh muinntir an tur-sheachnaidh. Chan urrainn

dhuinn a bhi cinnteach, ach na'n robh Criod an diugh an Glaschu far am faiceadh e obair mhallaichte na dibhe mar nach fhacas riamh ann an Galile, tha mi an duil gu'n àicheadh e e féin anns a' cheum so mar rinn e ann an cùisean eile. Co dhiu tha an t-abstol Pol, a thug inntinn Chriod mar nach do thuig móran i, ag rádh, " Tha na h-uile nithean ceadaichte dhomh ach chan 'eil na h-uile nithean iomchuidh . . . uime sin co aca a dh' itheas no dh' òlas sibh, deanaibh na h-uile nithean chum glòire Dhe . . . is maith an ni gun fheòil itheadh, no fion òl, no nì air bith a dheanamh leis am faigh do bhràthair tuisleadh no oilbheum, no leis an deanar lag e."

### 'Còir' agus 'Còraichean'

Sin agad dà fhacal a tha a' cur dhaoine glé thric air seachran an uair a thòisicheas iad air an uisneachadh ann an argumaid, gu sònruchieth ma tha iad air son rud-eigin fhaotainn air chosdus dhaoine eile. Their iad gu bheil *còir* aig a h-uile duine a tha tighinn a steach do'n t-saoghal obair fhaotainn; no gu bheil *còir* aige a bheò-shlàint fhaotainn, no gu bheil *còir* aig a h-uile páisde a tha air a bhréith anns an rioghachd sgoil mhaith fhaotainn. Gun teagamh is e *dleasdanas phàrantan* sgoil mhaith a thoirt d' an cloinn, agus an cur air cheann na slighe a thaobh am beò-shlàint, agus mur

h-urrainn iad sin a dheanamh, tha iochd agus gràdh ag iarraidh air daoine eile an fheadhainn a tha lag agus uireasbuidheach a chuideachadh, ged nach 'eil *còir* air bith aca air. Chan 'eil *còir* aig duine ach air an rud a bhuineas dha, agus a tha aige cheana; tha *còir* aige nach tòirear sin bhuaithe le daoine eile. Chan 'eil *còir* aig duine air sgoil no beò-shlàint fhaotainn o'n dùthach na's mò na tha *còir* agam-sa air gramaphon, no *Radio*, no carbad, fhaotainn bhuait-sa, a leughadair. Ach chan 'eil e furasda so a chur ann an cinn na feadhnaich a bhithreas ag éigeach aig oiseanan nan sràidean gu bheil an *còraichean* air an cumail o'n duine bhochd agus o'n chloinn. Cò tha 'g an cumail bhuapa? Na'n toimhseadh iad am briathran gu ceart is e a tha iad a' ciallachadh gu'm bu mhaith leò cor an duine bhochd agus cor na cloinne a bhi na's fheàrr na tha iad, rud ris an cuir na h-uile dhaoine caomhail an aonta, ged nach aidich iad gu bheil *còir* aig neach air bith ach air na tha aige cheana.

Glé bhitheanta cluinnear daoine ag rádh gu bheil *còir* againn air an fhearrann a chionn gu'n do rugadh sinn air? Na'n do thachair gu robh thu air do bhréith air an *Dunara* an abradh tu gu robh *còir* agad air an *Dunara*. Chan 'eil e ceart idir a bhi bruidhinn air " *dleasdanas pharantan* " mar " *chòir* na cloinne."

## Marbhrann

DO RUAIRIDH SMITH, A BHA 'NA EILDEAR AN EAGLAIS NA H-ALBA, AN TAIRBEART NA HEARADH  
LE DOMHNULL IAIN MAC DHUTH-SITH, SOLLAS, UIDHIST-A-TUATH

**S**E muinntir ghlic am measg an t-sluaigh  
SA bhios an comhnuidh furachail,  
'S a bheir fainear an àithn' o shuas,  
" Biódh sibhse an comhnuidh ullaichte.

Tha teachdair' Dhe an comhnuidh luath  
A' dol mu 'n euairt 's a cuireadh leis  
Aon is àon gu 'n dachaidh bhuan  
Ma 's tinn no slàn chan fhuirich iad.

Ghairm e cuid an diugh 's an dé,  
'S am màireach gairmear cuideigin;  
'S ri tiine siùbhlaidh sinn gu léir  
'S bidh dòchas bò aig cuid againn.

Tha aon a dh' ionndraineas an dràs  
Gu h-àraidh anns na Hearadh sin  
'S e Ruairidh Smith an duine gràidh  
Is dh' fhalbh e féin 's cha mhaireann e.

B'e féin an t-usal dileas *còir*,  
Le cridhe mór d'a choimhearsnaich;  
Chan 'eil cus 's a' cheàrn sin beò  
A thogas oighreachd urramach.

Is iomadh uasal 's duine *còir*  
Dha 'n tug e aoigheachd eireachdail  
Is iomadh neach air ghainne lòin  
A shuidh m'a bhòrd ro-chuideachdail.

'Nuair shuidheadh "bràithrean" leis mu  
bhòrd  
Bu bhiragha bhi 's a chuideachd ud  
Gach neach a' taisbeanadh a ghràidh  
Do 'n Tì sin a tha neo-fhaicsinneach.

Bha e féin a' sìor thighinn beò  
Air "slighe nuadh" na fallaineachd  
Is b' e a thlachd 's a mhiann ro-mhór  
Bhi 'n cuideachd na fhuair beannachadh.

Tha e nis a' sèinn an Glòir,  
'S na deanadh càirdean mulad ris  
Cha ruig beud gu siorr 'n a chòir  
Is clann an Tighearna maille ris.

Chan fhaca stùl 's cha chuala cluas,  
'S cha d' smuainich eridhe duin' againn  
Na dh' ullaich Dia fa chomhair sluaigh  
Thug gràdh Dha Féin a cheannaich iad.

## Marbhrann

DO'N OLLAMH DÒMHNUILL MAC FHIONGHAIN, A BHA 'NA MHINISTEAR ANN AN SGIREACHD AN T-SRATHA 'S  
AN EILEAN SGITHEANACH

LE MGH'R MAC AN T-SAOIR, A BHA 'NA MHISSIONARAIDIH ANN AN SCONCER

**T**HA srath Mhic Fhionghain an diugh fo bhròn,  
Is beag an t-iomghnadh oir 's mór a leòn,  
A cheannard uasal 'na laighe-luaine  
Ann an leabaidh fhàuar ann an Cille-Chrò.

Tha 'n Dotair Dòmhnull an diugh fo 'n fhòd,  
Fiùran luachmhor a chridhe chòir,  
Measail, stuama, is ceannalt, suaирce  
'S gur bochd r'a huaidh mar a thàinig oirnn'.

Tha do bhantrach an diugh gu truagh  
Bho 'n chaidh a companach a sgaradadh uaith'  
Ach chuir i 'dòchas an Rìgh na Glòire  
Gu'm meal sibh còmhla a mhòrachd shuas.

Tha do chàirdean an diugh fo sprochd,  
Do chinneadh làidir 's an làmh ri 'n uchd,

A' caoidh an àrmuinn a sgar am bàs uath',  
Bhliadhda'-iùr a chràidh iad le lot ro ghoirt.

Tha Eaglais Alba a' caoidh gu geur  
Gun d' chaili i stiùbhard bha dhith ro threun,  
A thàlant dùibh, cha d' riñn e mhùchadh,  
Ach shil mar dhùchd air a' mhàduinn Chéit.

Bha thu 'na d' shaighdear an armachd Dhe  
An soisgeul siorruidh 'ga chur an céill  
Do dh' anamaibh brùite le peacadh ciùirte  
'Toirt solus-jiùil dhaibh le mais' is sgèimh.

Cha cheadaich Cuimhne dhomh do bhriathran  
tlàth.  
Chur sios 's na roinn so an dòigh mar b' àill ;  
Tha bochdan 's dilleachdain feedh do sgìreachd  
Bhios 'ga 'n innseadh fad iomadh là.

## Pòl agus Timoteus

**B**E an litir mu dheireadh a' sgriobh Pol an mhac gràdhach. Tha e furasda gu leòir fhaicinn gu robh fhios aige nach biodh a làithean fada, agus gu'm faodadh a' chrioch tighinn uair air bith, oir bha e a' feitheamh ri binn a bhàis anns a' phriosan anns an Roimh. Cha robh duine maille ris, ach a mhàin Lucas caomh, oir thréig a chompanaich uile e. Thréig Demas e, air dha an saoghal a tha làthair a ghràdhachadh ; chaidh Crescens do Ghalatia, Titus do Dhalmatia, agus bha Trophimus tuin ann am Miletus. Sin an t-aobhar gu'n d' iarr Pol air Timoteus cabhag a dheanann agus tighinn thuige ; bu mhaith leis duine earbsach agus caraid dlùth a bhi māille ris an àm fheuma.

A dh' aindeòin gu robh Pol móran na bu shine na Timoteus bha càirdeas is compansas eatorra nach robh eadar Pol agus gin eile d'a' chomhl-sheirbhisich. Chan 'eil e furasd a ràdh ciod a tharruing r'a chéile iad ; chan 'eil e furasd a ràdh ciod a tha a' tarruing dhaoine r'a cheile uair air bith, oir tha gaoth a' chairdeis, mar gaoth an adhair, a' séideadh far an àill leatha. Bha aon bhann shòrnruichte 'g an ceangal r'a chéile ; b' ann fo shear-monachadh Phoil a bha Timoteus air iompachadh. Sin is ciall do'n fhacal a gheibhearr uime ann an litrichean Phoil, " mo mhac gràdhach."

### Mac gràdhach

Bha Timoteus, an dà chuid, 'na mhac gràdhach agus 'na mhac dleasdanach do Phòl, agus cho luath 's a fhuair e am fios a chuir Pol thuige chaidh e do'n Roimh 'ga fhaicinn. Chan urrainnear a nis a ràdh co dhiu a rainig e m' an d' thàinig a' chrioch air Pol, ach mur do rainig faodar a bhi cimteach gu'n do ghabh Dia an toil mar an gnòmh, agus gu'n do chuir e sios a thurus o Ephesus gus an Roimh ann an leabhar na cuimhne. Faodaidh e bhith gu robh Timoteus e féin air a chur an sàs air a thurus, air son facial Dhé agus fianuis Iosa Criod, oir tha e air a ràdh anns an litir a chum nan Eabhruidheach (xiii, 23), " bitheadh fhios agaibh gu'n do chuireadh ar bràthair Timoteus fa sgaoil."

Tha dithis de na laoidhean as maisiche ann an leabhar nan salm air an stéidheachadh air briathran is fiosrachadh Phoil ri uchd bàis, liv, lv.

Chriochnaich mi nis mo chath 's mo reis ;  
Is dlùth dhomh eug is uaigh ;  
M' anam a choisrig mi do Dhia,  
Triallaidh gu nèamh le buaidh.

Cha do chuir am bàs fiamh no eagal air Pol, oir bha fhios aige co ann a chreid e, agus bha geall aige air a bhi maille ri Criod. Uair-eigin 'n bheatha bha dùil aige gu'm biodh

e beò aig teachd an Tighearna, agus gu'm biodh e air a ghlacadh suas anns na neòil, an còmhdailean an Tighearna anns an adhar. Ach a nis bha e a' faicinn gur h-ann air slighe eile a rachadh e a steach do làthaireachd an Tighearna, an t-slighe air an d' imich Stephen agus Seumas, agus creidmhich eile a dh' fhuiling am bàs air sgàth an creidimh. A réir beul-athris na h-eaglais bha ceann Phoil air a ghearradh dheth le tuaigh anns a' bhliadhna 67.

### Gàirdeachas air nèamh

Ma tha e fior gu bheil gàirdeachas air nèamh an uair a m'aon pheacach aithreachas saoilidh mi gu bheil gàirdeachas air nèamh cuideachd an uair a theid leithid Phoil a steach ann. "Iadsan a thionndaidheas mórán gu fireantachd dealraichidh iad mar na reultan fad saoghalan nan saoghal." Thubhairt Pol iomadh rud mu oighreachd nan naomh a rinn nèamh ion-nhiannaichte do chridheachan dhaoine eile, agus b' ion eadhon do na h-àrd ainglean an crùin a thilgeadh aig a chasan. Ach ciod a theirear mu na miltéan a thionndaidh e o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd Shatain gu Dia? Nach deanadh iadsan iolach aig a theachd!

Am measg nan daoine a tha tachairt oirnn anns an Tiommadh Nuadh is e an dithis is dochá leam, Timoteus agus Lucas, agus is e an t-aobhar (co dhiu ann an tomhas) gu robh iad le chéile cho dileas do Phol. Leig Lucas seachad obair na dotaireachd los an aire a thoirt do Phol, agus ciod an t-seirbhis eile a b' fhearr a b' urrainn e a dheanamh ann an rioghachd Dhe? Tha amharus agam nach seasadh bodhilg an abstoil ris an obair a bha e a' deanamh mur biodh Lucas aig uilinn. 'N a dhòigh fhéin bha Timoteus a cheart cho feumail do Phoil; ann an deireadh a làithean gu sònruichte bhiodh e a' cur a chomhairle ris na bu bhitheanta na ri gin eile de shoisgeul-aichean na h-eaglais.

### Duine sgoinneil

Tha euid de dhaoine am beachd nach robh ann an Timoteus ach duine gun mhòran ann; duine laghach gun sgoinn. Ach chan 'eil sin fior. Cha bhiodh Pol cho gaolach no cho measail air mur biodh túr is sgoinn ann; mur biodh deagh earbsa aige 'n a ghliocas cha chuireadh e Timoteus air feadh nan eaglaisean mar a rinn e, a réiteachadh chùisean a bha ceàrr. Cha mbò a dh' iarradh e air a bhi 'n a sheòrsa de easbuig anns an eaglais ann an Ephesus, dreuchd a chuireadh dearbhadh air gliocas is faidhidinn Ghabriel, oir bha muinntir Ephesus cho duilich an riaghlaigh ris na h-Eirionnaich fhéin. Eadar dream àraidh aig an robh barrachd uigh ann

an sloinnteireachd agus ann am faoineas eile na bha aca ann am fòghlum diadhaidh, agus daoine eile leis am bu mhaith a bhi 'n an luchd-teagaisg ged nach robh fhios aca ciod a bha iad ag ràdh; eadar iad sin agus mnathan gun näire is luchd-dreuchd gun ghràs a bha milleadh sith na h-eaglais, bha a leòir ri dheanamh aig duine air bith a bhiodh air a shuidheachadh mar fhear-riaghlaidh innte. Cha robh teagamh air bith aig Pol nach robh Timoteus comasachadh air breith chothromach a thoir seachad ann an èuis air bith a thigeadh air a bheulaibh, agus dealachadh a chur eadar an cruithneachd agus am moll, ach bha amharus aige gu robh e rud beag bog-chridheach agus nach biodh e cho teamn no cho cruaidh air na h-eucoraiach 's a bu chòir dha. Sin an t-aobhar gu'n d' thug e na h-earailean air a gheibhearns a' cheud litir a sgríobh e thuige, "Na deanadh duine air bith tàir air t' òige; thoir t' aire do leughadh, do earalachadh, do theagasc; na dean dearmad air an tiòdhlac a tha annad."

### Smachdail air féin

Cha robh Timoteus gun fhàiling na's mó na daoine eile, ach ma bha e diùid is meata, furasd a lubadh a null agus a nall le daoine läidir dalma, bha a choguis maoth agus a chridhe blàth, agus bha e 'n a uile chaith-eamh-beatha 'n a eisempleir do na creidmhich ann an Ephesus. Mur robh e cruaidh no teamn air daoine eile bha e teamn air féin, a' cumail a chuirp fo leithid de smachd 's. gu'n do mhill e a shláinte. Sin an t-aobhar gu'n d' iarr Pol air, "Na h-òl uisge na's fhaide, ach gabh deur beag fiona air son do stamaig, agus air son na laigse a tha tighinn ort cho tric."

A thaobh suaimhneis agus comhfhurtachd an t-saoghal so bha beatha Phoil air uairean glé chruaidh is lom. Ann an dara litir a sgríobh e chum nan Corintianach tha e ag imseadh mu shaothair a chuirp agus àmhagh anama ann an seirbhis na h-eaglais. "O na h-Iudhaich fhuair mi còig uairean dà fhichead buille ach a h-aon; ghabhadh orm le slatan tri uairean; chlachadh mi aon uair; dh' fhuiling mi long-bhriseadh tri uairean; là agus oidhche bha mi anns an dòimhne; ann an turusan gu minic, ann an cunnartan aibhni-chean, ann an cunnartan luchd-reubainn, ann an cunnartan o mo luchd-dùthcha, ann an Cinnich; ann an saothair agus an sgios, ann am faire gu minic, ann an acras agus ann an tart, ann am fuachd agus an lomnochdas."

### Càirdean dileas

Ciod a bha cumail suas eridhe is misneach an abstoil an uair a bha na stuadhan sin a' dol thairis air? Bha, an dà nì so—

(*Re leantuin*)



## Gaisgealachd

*"An oidhche nochd sheas làimh riomh-sa aingeal an Dé sin, d'am buin mi agus d'a bheil mi a' deanamh seirbhis, ag ràdh, A Phòil, na bitheadh eagal ort; . . . feuch thiodhlaic Dia dhuit iadsan uile a tha a' seòladh maille riut."*—**GNÍOMHARAN XXVII.** 23-24.

BHA Pol iomadh uair ann an cùil chumhainn, Bach cha robh e riamh ann an cùil a bu chuimhne na'n cunnart anns an robh e air an luing a bha air a fuadach agus a chaidh air tìr air a turus do'n Ròimh. Ach dearbhaidh cunnart daoine; leigidh e fhacinn co dhiùbh a tha annta treun-fhir no boganaich, agus anns an naidheachd so tha Pol a' seasamh a mach am measg chàich mar dhuine aig an robh inntinn agus creideamh nach gabhadh meatachadh.

Mar is sine tha mi a' fàs is ann as mothà mo mheas air daoine gaisgeil agus air euchdan gaisgeil, oir tha ni-eigin neo-bhàsmhor ann an gniomh gaisgeil. Tha an t-eagal gabhaltach; sin an t-aobhan gu'm bi a h-uile duine a' cur sios air gealtairean; tha eagal orra romhpa. Ach tha misneach gabhaltach cuideachd; b'e misneach Phòil an oidhche ud a theàruinn gach ann a bha air bòrd.

Tha an naidheachd so a' dùsgadh smuain no dhà'n am inntinn a bu mhàith leam a chur sios air an duilleig so.

(1) *Thig gaisgealachd an follais an là a' chruidail.* An uair a chaidh Pol air bòrd do'n luing cha robh ann ach priosanach, is cha tugadh an sgiobaир no an sgioba uiread agus sùil air, ach'nuaир a chaidh cùisean ceàrr agus a bha an cunnart móir, is e Pol a chuir misneach agus dòchas annaи uile, gus mu dheireadh an robh iad a' leigeil an taice ris mar bha Caippean Scott agus an sgioba a bha còmhla ris anns an Antarctic a' leigeil an taice air an duine ghràdhach, agus fear a' chridhe mhóir, Eideard Wilson. Ciod air bith cho fuar no cho gàbhaidh's a dh' fhaodadh an gaillionn a bhith, agus am bàs a' bagairt orra gach uair de'n là, bha fhios aca nach géilleadh Wilson, agus nach tiomaicheadh a chridhe; gu'n leanadh e air aghaidh gun ghearan, gun ciùchran, a' giùlán uallach cuid-eigin a bu laige na e féin, agus 'g am misneachadh le falas ciùin is caomh an dràsd's a ris. Nach bu mhàith an gnothuch na'n robh barrachd de'n inntinn so am measg Chriosduidhean. Tha tuilleadh is gaisgealachd air iarraidh oirnn anns a' bheatha dhiadhaidh, ach air a shon sin tha eagal an Tighearna na's maisiche ma tha e a' pogadh beul ri beul ri gaisgealachd; ma chuidicheas e le daoine cumail air an aghaidh

gun ghearan, 'nuair tha cùisean a' dol ceàrr, agus feuchainn ri cùisean a dheanamh cho réidh's is urrainn dhaibh do'n fheadhainn a tha anns an aon tigh riu.

(2) *Ni earbsa ann an Dia cridhe duine fois-neachail,* agus glé thric bithidh ar smuaintean agus ar breithneachadh ceàrr mur bheil ar cridheachan foisneachail agus gun eagal. B' aithne do na seòladairean an fhairge agus cunnartan na fairge na b' fheàrr na b' aithne do Phòil, ach chuir an t-eagal maoim'n an eanchaím, air chor agus gu'n do chaill iad an tàbhachd. An sin ghabh Pol commannd; le chiùine féin chuir e ciall air an sgioba uile oir tha e air a sgriobhadh, "an sin ghlaic iad uile deagh mhisneach." A bheil cuimhne agad, a leughadair, ciod a thachair an uair a bha Pol agus Silas air an tilgeadh do'n phriosan? "Air a' mheadhon—oidhche sheinn iad laoidhean—molaidh do Dia." An àite a bhí 'g an gearan féin agus ag osnaich, bheannach iad ainm an Tighearna. Sin an seòrsa inntinn a bheir buaidh air an t-saoghal. Tha eridhe an ascreidhmhich mar a' mhuiр bhuaire nach 'eil aon mhionaid aig fois, agus do bhrigh nach 'eil e aig fois chan fhaic e iongantas an Tighearna.

(3) *Faodaidh sinn móran a chall ach fhathast móran a bhi air fhágail againn a ni ar beatha sona agus saoibhir.* Chailleadh an long, agus bu mhór an call e, ach cha do chaill iad am beatha. "Craicionn air son craicinn, eadhon gach ni a tha aig duine, bheir e air son a bheatha." Faodaidh duine a mhaoin shaoghalta a chall ann an aon oidhche; faodaidh ro-chùram a bhi air m'a shláinte no m'a obair (no rud as miosa air fad mu chion-oibre); faodaidh e cuid d'a theagh-lach a chall; ach eadhon ged thachradh sin, na saoileadh e gur duine truagh e agus na tòisicheadh e air ciùchran; fosgladh e a shùilean agus chi e fichead tobar glé dhìlùth dha as am faod e sonas agus aoibhlneas a tharruinn. A dh' aindèoin gach call a dh' fhaodas tighinn ort, na h-abair gur duine bochd no truagh thu, ma tha greim agad air Dia le creideamh beò; ma tha e' na fhaochadh dhuit a bhi ag ùrnuigh ri Dia agus 'ga bheannachadh, agus ma tha sith agus caomhalachd agus gaol a' feitheamh ort

aig taobh do theallaich féin, an uair a chrioch-naicreas tu obair an là.

(4) *Tha aingeal an Tighearn an diugh ag ràdh ruinne a' cheart rud a thubhairt e ri Pol, Na bitheadh eagal ort.* Chan 'eil galair as miosa air an t-saoghal na eagal, ach a mhàin am peacadh, ach is e am peacadh as aobhar do dhà thrian de'n eagal a tha a' milleadh suaimhneas dhaoine. Bhithheadh an saoghal so 'n a àite sona na'n robh saorsa aig daoine o'n dà rud sin, peacadh agus eagal, dà rud aig a bheil an aon mhàthair—aobhair, nach 'eil an dàimh cheart againn ri Dia agus ri càch a chéile. Agus far nach 'eil dàimh cheart, an sin tha amharus, agus eagal, agus as-creideamh, agus peacadh. Chan urrainn duine a bhi ann an dàimh cheart ri theaghlaich, no ri choimhearsnaich, no ri daoine eile, no ann an ceum air bith d'a bheatha, mur bheil a chridhe ceart ri Dia. Saoilidh a fèin gu'm faod, ach tha an rud eu-comasach. Cha mhò a gheibh e saorsa o eagal gus an aidich e 'na bheatha falal agus tighdarras Dhe, agus a' chòir a tha aig Dia air a sheirbhis, no gus an creid e le uile inntinn agus anam am foillseachadh a rinn Criosd air Dia mar Athair naomh agus gràdhach as am faod e earbsa ionlan a chur air son maitheanas peacaidh agus dòchas siorrhuidh.

Tha daoine air am pianadh le fishead seòrsa eagail; eagal a' bhàis, eagal bochdaim, eagal an la màireach, eagal gu'm faighean a mach am peacadh, eagal gu'n caill iad an obair, eagal nach toir Dia maitheanas dhaibh. Chan 'eil feum air bith ann dhuit feuchainn ris na h-eagail sin a chur air falbh le d' reuson, no le argumaid, no

le cumhachd do thoile, oir cha seas iad ri argumaid no ri reusonachadh, agus a' cheart mhionaid a tha an argumaid ullamh thig iad air an ais. Chan 'eil ach aon dòigh air an cur air falbh, an dòigh a ghabh an Salmadair, 'San là air am bi eagal orm earbaidh mi asad-sa. Ach chan urrainn dhuinn an gealladh a tha anns an fhacal so a thagar mur bheil sinn 'g ar cur fein gu buileach ann an làmhan Dhe, gu bhi air ar n-uisneachadh leis mar chi e iomchuidh.

Tha na dotairean ag ràdh gu bheil *neurasthenia* anabarrach cumanta an diugh. Ach ma tha, chan e an t-aobhar gu bheil daoine air am biathadh na's miosa na bha iad, no ag cibreachadh na's goirte na bha iad, ach a chionn gu bheil an cridheachan gun fhois le eagal. Tha earbsa ann an Dia, agus an cridhe foisneachail a tha leantuinn na h-earbsa sin, 'na leigheas air *neurasthenia* fada na's fheàrr na cungaидh dotair

*Cridhe dhaoine 'gan tréigsinn le eagal.*—LUCAS xxi. 26.

*Ghabh iad eagal mór an uair nach robh aobhar-eagail ann.*—PSALM liii. 5.

*Cia an duine a tha gealtach agus lag-chridheach ; pilleadh e d'a thigh chum nach dean e cridhe a bhràthrean lag.*—DEUT. xx. 8.

*Bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thinichioll.*—PSALM xci. 11.

*Thubhairt an t-ingeal ris, Na bitheadh eagal ort.*—GNOMHARAN xxvii. 23.

*Ann an ainm ar Dia-ne togaidh sinn suas ar bratach.*—PSALM xx. 5.

## Anns a' Chathair

GED is iomadh duine naomh agus duine peacach air an do rinn mi seanchas air an duileig so cha do rinn mi riamh seanchas air Brighde, Muire nan Gàidheal, mar their cuid rithe, ged is ann oirre a tha eaglais Blhlàir air a h-ainmeachadh. Chan aithne dhomh car son; ach tha eaglais eile ann am Peairt air ainmeachadh oirre cuideachd, Lagan-Bhrighde, an Uachdar Ghàmhair.

An uair a thòisicheas tu air eachdraidh nan Naomh a rannsachadh tha thu ann an saoghal eile seach an saoghal as aithne dhuiinn an diugh; saoghal anns nach robh daoine a' ciallachadh leis na facail firinn agus bréug an rud a tha sinne a' ciallachadh leo. Anns an t-saoghal ud b'e an fhòr chomharradh a bha aca air duine maith, gu'n rachadh aige air mòrbhùilean a dheanamh; mur rachadh aige air sin a dheanamh cha robh e airidh air a bhi air a chunntas am measg nan Naomh. Cha mhò a bha iad a' ciallachadh leis an fhacal

mòrbhùil an rud a tha sinne a' ciallachadh leis. B'e sin an t-aobhar gu robh luchd-eachdraidh na h-Eireann anns na seann linn-tean agus pearsachan-eaglais an Albainn, mar bha Adhamhnán a sgrìobh mu Chalum-cille, ag innseadh uiread ròlaistean mu na Naoimh 's a gheibhean 'n an leabhrachain. Chan 'eil na ròlaistean sin a' ciallachadh dad ach so, gu robh na fir-eachdraidh gu làidir de'n bheachd gur e duine mòr agus duine maith a bha anns an Naomh m' an robh iad ag innseadh. Theagamh gur e leabhar Adhamhnán an leabhar-eachdraidh as ainmeile an eachdraidh na Gàidhealtachd, ach chan 'eil ann de firinn litireil na thogadh bigeann-baintighean 'n a ghob. Cha robh rud eile air aire ach innseadh do'n t-saoghal ciod an duine mòr-mòr agus naomh-naomh a bha an Calum-cille. Ach a dh' aindeoin nan ròlaistean a dh' innis e bha Adhamhnán 'na dhuine cho firinneach ri Gilleanbuig Main, an Oil-thigh

Ghlaschu, no cho fírinneach ris na "daoine" anns an Taobh Tuath, an uair a thòisicheas iad air innseadh mu na nithean a dh' fhoillisch Dia roimh làimh do Lachlainn Mac Coinnich, an Loch Carrann. Chan 'eil na naidheachdan sin a' dearbhadh dad ach gu robh a' ghineal féin a' cunntas Mhgħr Lachlainn 'n a dhuine mór-mór. Duine air bith a tha sgooth de naidheachdan a' cruinneachadh m'a ainm 'n a bheatha agus an déidh a bhàis, faodaidh tu a bhi cimteach gu robh ni-eigin anns an duine sin a bha 'g a dhealachadh o dhaoine eile.

Tha so mar gu'm bithinn a' gabhail mo lethsgieil roimh làimh air son nan naidheachdan a tha mi dol a dh' innseadh mu Bhrighde.

Tha tri no ceithir deug de bhoirionnach air an robh an t-ainm so air an ainmeachadh am measg nan Naomh, ach cha robh ann ach aon Bhrighde d' an robh urram air a thabhairt o cheann gu ceann a dh' Albainn agus a dh' Eirinn, Brighde, a' bhan-Aba a bha 'na màth-air -choimhid am mainistir Chill Dara, an Eirinn.

Rugadh i dlùth air Dùn-dealg mu'n bhliadhna 452. Bho làithean a leanabachd bha gaol aice air Criosd, is bha blàths is ciùin an t-Slanugheir 'n a h-aodann mar chaileig. An uair a bha i ochd bliadhna deug chuir i roimhpe gu'n seachmadh i staid a' phòsaidh, agus gu'm bitheadh i 'n a maighdinn do Chriosd gu bràth. Dh' fhàs i cho aimmeil air son a glicais agus a naoimhachd's gu'n dubh-airt Brianan, mairiche nan seachd cuantan, gu robh smachd aice air uil-bheiste an aigein fhéin.

Chuir i air chois mainistir ann an Cill Dara, air fearrann a bha air a thoirt dhi leis an righ ; chruinnich i gillean-frithealaidh do Chriosd a steach do'n mhainistir, no do'n chlachan bheag ris an abradh iad mainistir, is thoisich i air freasdal do na doill, agus do na bochdan, agus do dhaoine air an robh an luibhre. Bha fir agus mnathan ann am mainistir Chill Dara, is thagh i Easbuig naomh a bhiodh a' riagh-ladh na mainistir còmhla rithe.

Uidh ar n-uidh chaidh a clù am farsuingeachd ; bha i air a cunntas am measg na triúir a b' urramaiche an Eirinn, Pàdraig agus Calum-cille agus Brighde. Ged a ghabhas a h-ainm lorgachadh o cheann gu ceann a dh' Albainn tha e duilich a ràdh co dhiu a sheas a cas riabhach air an robh an luibhre. Bha fir agus mnathan ann am mainistir Chill Dara, is thagh i Easbuig naomh a bhiodh a' riagh-ladh na mainistir còmhla rithe.

Air feadh nan Eileanan gheibhear móran naidheachdan fhathast mu Bhrighde, agus 'n am measg sin an té so. "Be Dùghall Donn, a bha 'n a òsdair am Betlehem, athair Brighde. Aig an àm bhrònach air a bheil mo naidheachd bha machraichean Bhetlehem air an losagh le tiormachd na bu mhiosa na na

machraichean againn fhéin anns an t-samhradh as teotha a chunnacas riamh ; bha boinne bùrn cho priseil ri gini òir. Bha uiread dhaoine a' tighinn a dh' iarradh uisce gu òsd-thigh Bhetlehem 's gu'n do chuir Dùghall Donn cléibh air seachd asailean agus seachd càmhail a dhol do'n Eiphit a thoirt uisce as na tobraichean a rinn Joseph ann am bliadh-nachan na gorta. Ach m'an d' fhalbh e thug e àithne do Bhrighde gun luchd-siubhail air bith a leigeil a steach gus an tilleadh esan, is dh' fhàg e aice ann am pige beag na dheanadh feum dhi fhéin a dh' uisce fhad 's a bhitheadh e air falbh. Ach dh' iarr e oirre gun aon deur dheth a thoirt do neach eile. S' ann mar sin a bha, ach là de na làithean thàinig seann duine eireachdail a dh' ionnsuidh an tigh-òsda, agus e sgith le thurus. Bha boirionnach òg còmhla ris, a thug bàrr ann am maise air a h-uile boirionnach eile a chunnaic Brighde riamh. Bha ise cuideachd sgith le a turus, agus na bu mhiosa na sin, no na b' feàrr, bha àm a h-éiginn dlùth.

An uair a dh' iarr iad biadh is deoch is leabadh bha Brighde an iom-chomhairle ; cha bu mhaith leatha a bhi eas-umhail d'a h-athair, ach cha mhò a b' urrainn dhi gun iochd agus coibhneas a nochadh do choigrich sgith. Mar sin thug i dhaibh biadh, agus deoch as a' phige, is thubhairt i riu gu'm faodadh iad an oidhche a chur seachad anns an stàbull. An déidh dhaibh falbh chunnaic i gu robh am pige cho làn 's a bha e riamh, a dh' aindeoin na dh' òl na coigrich as.

An oidhche sin fhéin thàinig Dùghall Donn air ais, agus ochd cleibh dheug làn aige le soithichean anns an robh uisce. Dh' innis Brighde dha mu na coigrich a bha anns an stàbull, ach anns a' bhruidhinn sin fhéin, cluinnear tormar mar gu'm biodh tàirneanach no beum-sléibhe air chùl an tighe. An uair a sheall iad a mach bha an t-uisce trom ann, a' cheud uisce a bheannaich an talamh o chionn còig no sia mhiosachan, is thubhairt Brighde ri Dùghall Donn, "Cò aige a tha fhios nach tig mac mo ghràdh an nochd, oir nach 'eil e air innseadh gu'n dòirtear uisce air an tartmhòr aig a theachd-san, agus sruthan air an fhearamh chruaidh !

"A bheil thu a' faicinn an t-soluis a tha anns an stàbull ?" arsa Dùghall Donn.

"Tha, athair," arsa Brighde, "sin agaibh solus nan ainglean." An uair a chaidh iad a steach do'n stàbull bha Muire agus Iosa aice air a glùin, is Joseph thall air an cùlairb. Ghlaic Brighde an leanabh 'n a h-uchd is bheannach i Dia, gu'm faca a stìlean an t-Ailleagan.

Gheibhear an naidheachd so, an aon dòigh no an dòigh eile, air a h-innseadh an sud agus an so anns na h-cileanan fhathast. Ged tha an luchd-eachdraidh ag ràdh gur ann anns a'

chòigeamh linn a rugadh i, ciod a bu mhotha le sgeulaichean Gàidhealach ceithir no còig de cheudan bliadhna? Ann an aois a' chruthachaidh no ann am beatha Creutair Soillse mar bha Brighde, tha còig cheud bliadhna 'n a rud cho beag 's nach 'eil fhios agad co dhiu a tha ann "an dé" no "an diugh."

Is e là Fhéill Brighde a' cheud là de'n Earrach, agus ged nach bitheadh ann ach sin fhéin, theòdhadh ar eridheachan ri h-ainm. Oir ged tha mi a' cluinnntinn gu robh an greamhradh ciùin agus blàth anns na h-eileanan an

Iar bha greamhradh fada agus greamhradh fuar againn air na monaidhean, is bitidh sin toilichte an uair a thig an là mu dhereadh dheth, agus a thig Brighde agus a' ghrian air an ais. Is e gu robh mi air mo thogail ri taobh na mara as aobhar dha, ach is fheàrr leam fada cian guileag a' ghille-Brighde na gug-gùg na cuthaig. Tha an gille-Brighde a' ruighinn na h-aibhne air beulaibh an tighe agam a h-uile bliadhna mu'n fhicheadamh là de Februari, is tha tri no ceithir dhiubh a' neadachadh air a' ghliob.

## Anns a' Choille Bheithe

**A**IG coinneamh bhliadhnaile a' Chomuinn Ghàidhealaich bha bruidhinn aca air an dòigh anns an còir Gàidhlig a bhi air a sgrìobhadh, agus air cho duilich 's a tha e do dhaoine òga fhios a bhi aca c' àite an cuir iad "cromag," no c' àite am fág iad a mach i, a chionn gu bheil a dhòig fén aig a h-uile sgrìobhadair. Bha cuid dhiubh air son àrd-Chomhairle de sgoilearan maith a chur air chois gus seòladh a thoirt dhuinn ciamar is còir Gàidhlig a bhi air a litreachadh. Ma thug mi an aire dha aig an àm, chan 'eil cuimhne agam a nis ciod a rinn iad air a' cheann mu dhereadh, ach mur deanadh Comhairle de'n t-seòrsa ud maith cha deanadh i cròn co dhiu. Ach tha e mórán na's usa Comhairle a chur air chois na daoine fhaotainn a ghabhas comhairle na Comhairle.

Is e an fhìrinn nach 'eil e duilich do dhuine air bith Gàidhlig a litreachadh gu ceart ma chuireas e air fhéin de dhragh 's gu'n ionnsaich e ciamar a bha i air a sgrìobhadh le sgrìobhadair maith anns na seann làithean, agus gu sònruichte ma's aithne dha am Biobull Gàidhlig.

Clinnear daoine ag ràdh air uairean nach 'eil Riaghailtean-litreachaidh againn an Gàidhlig; gu bheil a h-uile duine a' sgrìobhadh Gàidhlig le chluais fhéin, agus gu bheil uiread dhòighean-sgrìobhaidh againn 's a tha de dhaoine a' sgrìobhaidh. Chan 'eil sin fior; tha riaghailtean-sgrìobhaidh againn an Gàidhlig, na'n cumamaid riu.

Na'n robhtar a' tòiseachadh air Gàidhlig a' sgrìobhadh as ùr tha iomadh rud ann a ghabhadh ceartachadh, ach chan 'eilear a' tòiseachadh as ùr, agus cha mhò a ghabhadh a h-uile rud a tha ceàrr a bhi air a chur ceart a nis. Mar sin bhitheadh e glic dhuinn a chuid as fheàrr a dheanamh de'n chuid as miosa; am Biobull Gàidhlig agus na seann sgoilearan a leantuinn, agus a bhi toilichte leis cho beag a dh' atharrachadh 's a leigeas ar n-ubhar gràmair leinn. Chan 'eil ach aon leabhar ann an litreachas na Gàidhlig as aithne dhuinn

uile, am Biobull, agus na'n leanamaid uile dòigh-sgrìobhaidh a' Bhiobull cha rachamaid fada ceàrr. Tha dà sheòrsa dhaoine ann nach 'eil furasd an riarachadh anns a' ghothuch so, (1) na sgoilearan aig a bheil an sùil daonnan air gràmar, agus (2) sgrìobhadair Lub-a'-gheòidh, a tha a' saoilsinn nach 'eil doigh air bith ceart ach an dòigh a tha aca an Lub-a'-gheòidh.

Bu mhaith leis na sgoilearan nach sgrìobhadh tu *thugam* no *dh' ionnsuidh*, no *na'n*, no *cha' n' eil*, no *de dh' airgiod*, no foirm eile de'n t-seòrsa sin nach 'eil a réir riaghailtean gràmar, no sloinntearachd fhacal. Agus bu mhaith le sgrìobhadair Lub-a'-gheòidh gu'n leigeadh tu leis-san so a sgrìobhadh, "Chunna mi Tionna Cholla a bh' anns a' bhuailich a ne, a niu as a leinich 's caman aige ach gu dé bha e deanadh leis a' chaman—" (Chunnaic mi tighearna Cholla a bha anns a' bhuailich an dé, an diugh as a leine agus caman aige, ach ciod a bha e a' deanamh leis a' chaman. . . .)

Tha aobhar no dhà air uiread dhòighean a bhi againn ann an sgrìobhadh Gàidhlig :

(1) Bha na ceud leabhairchean Gàidhlig air an litreachadh le sgoilearan a bhuineadh do Pheairt agus do Earrá-Ghàidheal. Bha iad ann an tomhas eòlach air an dòigh anns an robh cainnt na h-Eireann air a sgrìobhadh, ach cha robh iad eòlach air Gàidhlig an Taobh Tuath. Mar sin tha mórán fhacal agus móran fhuaimean ann an cainnt a' Bhiobull, *sgeul*, *sé*, *feur*, nach 'eil idir cho caomh an cluasan dhaoine ris an dòigh anns am bi iad fhéin a' fuaimneachadh nam facial sin. Ach mar thubhairt mi cheana, chan urrainn dhuinn tòiseachadh as ùr; an ni a tha sgrìobhta tha e sgrìobhta, is bhitheadh e glic do na Tuathaich cho maith ris na Deasaich *sgial* is *bial* a sheachadh an uair a tha iad a' sgrìobhadh rud as fhiach dragh a ghabhail ris. Ach mur bheil iad a' sgrìobhadh ach òraid a chuireas seachad an oidhche anns a' Chéilidh an Glaschu, no an àite eile, faodaidh iad an cainnt fhéin a chleachadh gu'n àigheas.

(2) Tha dà sheòrsa cainnt anns a' Ghàidhealtachd, Gàidhlig nan leabhrachaean agus Gàidhlig taobh an teine, is tha mùghadh mór eatorra. Tha Gàidhlig taobh an teine air a gearradh cho goirid is air a liomhadh cho minn (air sgàth na cluaise) 's gu bheil an treas cuid dé na litrichean air am fagail a mach. Cha bu chòir dhuit a' Ghàidhlig sin a chur air paipear idir ; ma chuireas tu air i, bithidh na duilleagan aon am breacadh le "cromagan."

Tha mise a' sgrìobhadh Gàidhlig o chionn deich bliadhna fichead, gun a bhi sealltuinn air Foclair idir, ach a mhàin air Foclair Mhic Bheathainn an uair a bhios mi an teaganh mu shloinneadh facail, agus is e so na riaghailtean a tha agam,

(1) Am Biobull Gàidhlig a leantuinn am bitheantas.

(2) A h-uile litir ann am falal a sgrìobhadh.

(3) Ach fad na h-uine mo thùr fhéin, a chleachdadh, agus na fasain a tha aig sgoilearan glic is ciallach a leantuinn.

Tha na riaghailtean maith gu leòir, ach air a shon sin, bithidh mi a' deanamh mhearachdan ; air uairean le aineolas, air uairean eile da stalcaireachd, ach mar is trice, a chionn gu bheil freumh de'n fhàiling annam a tha anns na Gàidheal uile, agus gu'm bi mi ag ràdh riùn fhéin, an déidh dhomh rud a chriochnachadh an cabhaig, *Ni e an gnothuch mar tha e.* Theireadh an Gall agus an Gearmailteach, *Theid mi thairis air a ris.*

\* \* \* \* \*

Tha e maith gu'n rachadh aig sgrìobhadh

airean òga Gàidhealach air an cainnt a litreachadh gu cothromach, ach bhitheadh e na b' fheàrr air fad na'n robh rud a b' fhiach aca ri ràdh, agus na'n rachadh aca air a ràdh le snas agus simplidheachd, agus le blas na Gàidhlig air.

Tha móran de'n Ghàidhlig a bhitheas mi a' faicinn anns na paipearan an diugh cho slaodach, agus cho duilich a tuigsinn, 's gu'm b' fheàrr leam a' Bheurla na i. Theagamh gur e a' Bheurla a tha innse fad na h-ùine ach a mhàin gu bheil aodach Gàidhealach air a chur oirre. Ciod a their thu ri sgrìobhadh mar so a leughadair ? "Tha iomlaineachd a bhuill a comh-sheasamh ann bhi gleidheadh comh-chòrdadh dligeach eadar an dà shealbh so." Cha b'e aon de chuideachd Dhonnchaidh Bhàin no Thormoid Mhic Leòid a sgrìobh sud, ach iar-ogha do Hegel.

Chan e droch litreachadh na Gàidhlig, no lionmhorachd nan "cromagan," a' choire as mò ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig an diugh, ach nach fhaigh thu annta ach glé annamh, cnàimh air a bheil an dà chuid itheannaich agus blas.

Ma tha an sgrìobhadh maith, is dreach agus blas na Gàidlig air, bhithinn glé choma co dhiu a thachradh orm *cha'n eil*, no *cha'neil*, no *chan eil*, no *chan'eil*, no *cha'n eil*, no *cha-neil*, no *cha-n eil*, no *gu'n*, no *gun*, no *gu-n*. Ach *chan'eil* sin a' ciallachadh gur toigh leam mìriaghait, no *gu'n* litricheadh sgrìobhadair aon fhacal ann an seachd dòighean, ach ma chumas e ri dhòigh fhéin, agus mur bheil an dòigh sin uile gu léir tuathall, leiginn leis ; is leiginn le luchd-a' ghràmair a bhi bruidhinn. Nach ann air a shon sin a tha iad ann idir !

## Ministearan Uidhist a Tuath

ANNS na seann làithean bha dà sgir ann an Uidhist a Tuath, ach aig àm an Athleasachaidh bha iad air an cur còmhla. A thuilleadh air Cill Mhoire bha iomadh làrach naomh eile anns an eilean ; Cill Mhàrtainn, Cill Amhlaidh, Cill Pheadair, Teampull Chriosd, Teampull na Trianaid, Cladh Chliamain.

Ma bha ministear, no ministearan, air an suidheachadh anns an eilean roimh thoiseach na seachdamh linn deug, chan 'eil cuimhne orra an diugh. Is e a' cheud mhiniestar a tha air ainmeachadh anns an leabhar ris an abrar *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, Dòmhnull Mac Gillie Mhaoil.

1626. Dòmhnull Mac Gillie Mhaoil. Bha e 'na fhìor sheann duine ann an 1626, ged bha Uidhist a Deas air a chùram cuideachd.

1642. Aonghus Mac Cuinn.

1662. Dòmhnull Mac Gill-Eathain, M.A., a bha air oilleanachadh an Obar-Dheathain.

1688. Ailean Mac Ghille Mhoire, M.A., mac do Dhòmhnull Mac Ghille Mhoire a bha 'na mhiniestar am Barabhas, an Leòdhas. Bha e air oilleanachadh an Obar-Dheathain ; air a shuidheachadh ann an Uidhist an 1688, ach air a chur a mach as ann an 1692, a chionn nach géilleadh e do riaghlaadh na Cléire. An sin bha e air a chur a steach ann an Sgìr Bharabhais.

1692. Alasdair Mac-a-Chùbair, aig an robh taobh ris an Riaghlaadh Easbuigeach anns an eaglais ; chuir an taobh bheag sin a steach e do Chill Mhoire an 1692, ach an ceann sheachd bliadhna ghéill e do riaghlaadh na Cléire. Bha e air a bhathadh, air aiseag anns a' Chuan Sgìth an 1706.

1708. Iain Mac Ghill Eathain, mac do fhear Bhorraoidh. Shiubhail e ann an 1735.

1736. Dòmhnull Mac Leòid, M.A., mac do fhear Ghrisornis, agus iar-ogha do Shir Ruairidh

Mór Mac Leòid, Dhun-bheagain. Bha e air oileanachadh an Obar-Dheathain ; 'na mhissionaraidh am Beinn-na faoghla ; air a shuidheachadh ann an Uidhist a Deas an 1725. Chaidh e do Chill Mhoire, am Uidhist a Tuath, an 1736 ; agus á Cill Mhoire chaidh e do Dhùirinnis anns an eilean Sgitheanach. Bha e 'na dhuine maith agus 'na mhissionear maith, agus 'n a bhàrd maith cuideachd. Phòs e Anna Nic Ghill-Eathain, d'an do rinn e am Beannachadh-bainmse so,

" Mile failte dhuit le d' bhréid,  
Fad do ré gu'n robh thu slàn ;  
Móran làithean dhuit le sith,  
Le d' mhaiteas 's le d' ni bhi fas."

Bha dà mhac is triùir nigheanan aige ; bha té de na nigheanan pòsda aig fear Bhaile-Ràgħaill, agus té eile aig Dòmhnull Mac Leòid, am Bearnaidh.

1755. Dòmhnull Mac Cuinn, M.A., mac do mhissionear Shléite. Bha e air oileanachadh an Obar-Dheathain ; air a shuidheachadh ann an Eige an 1727. Dh' fhàg e Eige, is chaidh e do Uidhist a Tuath an 1755. Phòs e nighean do Lachlann Mac Ghill-Eathain, fear Thòrathsdan, an Colla ; is bha dithis mhac aige, Ailean a bha air a shuidheachadh 'n a àite, an uair a shiubhail e, agus Eamuin a bha 'n a mhissionear am Barraidh. Bha e làn ghisreagan ; a' creidsinn ann an taibhsearachd ; agus bha amharus aig daoine gu robh trogain aige ri spioradan neochneasda. Chaochail e an 1770.

1770. Ailean Mac Cuinn, M.A., a bha air a shuidheachadh an Cill Mhoire an déidh athar. Bha e air oileanachadh an Obar-Dheathain ; 'na mhissionaraidh am Beinn-na-faoghla an 1769, agus air a shuidheachadh an eaglais athar an 1770. Bha meas mór air anns an eilean, oir bha e 'n a dhuine pongail agus 'n a dhuine diadhaidh. Phòs e nighean do fhear Bhàlaigh, is bha dithis de theaghlaich aige ; Dòmhnull a bha 'n a Chaitpean anus an arm, agus Mairi, m'an do rinn Alasdair Stiùbhard, a bha 'na mhaighstir-sgoil anns an sgìreachd, an t-oran, *A Mhàiri bhòidheach 's a Mhàiri ghaolach.* Sgrìobh Ailean Mac Cuinn cunnnts air Uidhist a Tuath, a chuir an Ridire, Iain Sinclair, a mach 'na leabhraichean. Chaochail e an Tigh-aghearraidh an 1801.

1802. Seumas Mac Cuinn, M.A.; mac do Uilleam Mac Cuinn a bha 'n a mhissionear an Sniosort, 's an eilean Sgitheanach ; air oileanachadh an Obar-Dheathain ; air a shuidheachadh mar mhissionaraidh anns na Hearadh an 1792 ; agus mar mhissionear an Uidhist a Tuath an 1802. Phòs e anns na Hearadh nighean do fhear Bhàlaigh, is bha dà mhac is nighean aige. Chaidh fear d'a mhic, Alasdair, gu muir, is bha am fear eile, Uilleam, 'na mhissionear an

Truimisgearraidh. Shiubhail e an 1815. (Bha fear as déidh fir de'n teaghlach so 'n am ministearan an Sniosort fad cheithir ginealan, no ceithir agus seachd fichead bliadhna ; daoine làdir.

1815. Uilleam Arbuckle, M.A., mac tuathanach am Baile-an-loch ; bha e air oileanachadh an Obar-Dheathain, agus air a shuidheachadh mar mhissionaraidh an Sannd agus Solas an 1806, an déidh dha bhi greis a' teagasc sgoile an Steòrnabhagh ; á Sannd chaidh e a dh' Uidhist a Deas, far an d' fhan gus an robh e air a chur thairis air coimhthional Chill-Mhoire an 1815. Phòs e nighean do'n Dotair Mac Leòid, an Cill Pheadair, piuthar do'n Dotair Bhàn, is bha naoinear de theaghlaich aige. Cha robh e ach beagan is dà-bhliadhna an Cill Mhoire ; chaochail e tràth 's a' bhliadhna an 1818. Bha nighean dha pòsda ri fear de mhuinntir Uidhist a shiubhail o chionn ghoirid.

1818. Fionnladh Mac Rath, M.A., mac do thuathanach a bha an Ach-an-t-suidhe, an Loch Carrann. Bha e air oileanachadh an Obar-Dheathain ; air a shuidheachadh mar mhissionaraidh an Sannd agus an Solas an 1815, agus air a shuidheachadh an eaglais na sgìreachd anns an fhoghar 1815. Bha e greis 'na chléreach aig a' Chléir, agus 'na J.P. an siorramachd Inbhir-Nis. Phòs e nighean do Chòirneal Alasdair Dòmhnullach, am Baile-Ràgħaill, is bha seachdnar de theaghlaich aige, seisear mhac agus aon nighean. Bha dithis d'a mhic ri tuathanachas, Dòmhnull ann an Losgantir anns na Hearadh, agus Anndra ann an Bhàlaigh ; is dithis eile 'n an dotairean. Bha e air a thoirt air beulaibh an Ard Sheanaidh an Dùn-éideann an 1841 air son searmon a liubhair e aig an t-Seanadh an Gleann-eilge, a bha cuid d'a bhràithrean a' saoilinn mearachdach 'n a theagasg, ach b'e binn an Ard Sheanaidh nach nach robh dad ceàrr ann. Shiubhail e air La Bealltuinn, an 1858, is bha Iain a mhac air a chur 'na aite.

1859. Iain Alasdair Mac Rath ; rugadh e ann an Bhàlaigh an 1832 ; bha e air oileanachadh an Obar-Dheathain agus an Glaschu ; fluair e cead-searmonachaibh bho Chléir Uidhist, is bha e air a shuidheachadh an Truimisgearraidh an 1855 ; an 1859 bha e air a chur os cionn coimhthional Chill Mhoire, ach leig e dheth a dhreuchd an 1886. Shiubhail e an 1896.

1887. Dòmhnull Dòmhnullach, D.D. ; cha ruigear a leas a ràdh uime-san ach an seann fhacal Uidhisteach so, *praeclarum et venerabile nomen* ; facail a thuigeas muinntir Uidhist gu maith, ach ma tha an Gàidhlig a' fás meirgeach, theagamh gu'n tuig iad a' Ghréigis so na's fheàrr, ἀδελφὸς οὐδὲ ἔπαινος ἐν τῷ εὐαγγελίῳ διὰ πατῶν τῶν ἑκκλησιῶν. Leig e dheth uallach na sgìreachd an uiridh.

# Aig an Uinneig

Catriona Nic Fhionghuin

CHAN 'EIL a bheag a dh' ainmean-bhoirion-nach agaínn an Gàidhlig, ach is iad so a' cheithir as bòidhche (eo dhiu d' am chluais-sa); Catriona, Iseabal, Mairi, agus Mairearad.

Bha ionadh Catriona anns a' Ghàidhealtachd, ach is e an té air a bheil mi a' deanamh ionraidi an dràsd, Catriona Nic Fhionghuin a bhuineadh do'n Ros Mhuileach (do'n teagh-lach d' am buineadh an t-Ard Ollamh nach märeann, Dòmhnull Mac Fhionghuin), agus a bha 'n a banaltruim aig Iompaire Russia. An déidh dhi an sgoil fhágail anns an Ros, chuir Calum Dòmhnullach, an Ulabha, dàimh-each a bha gu maith air a dhòigh, greis do sgoil i an Dùn-éideann, agus air chomhairle Thormoid Mhic Leòid, "Caraid nan Gàidheal," ghabh teagh-lach uasal ann an Russia mar bhanaltruim i.

B'e an ath ghlumasad a rinn i, gu'n robh i, air chomhairle an teaghlach uasail sin, air a taghadh mar bhanaltruim do mhac òg an Iompaire, agus dh' fhan i anns an teagh-lach rioghailean gus an robh i 'n a seana bhoirionnach. Bha meas mór oirre ann an teagh-lach an Iom-paire; bha i 'n a boiriomach ciùin, gaolach, is bha e air a ràdh gu'm b' aithne do'n Czàr, an uair a thàinig e gu aois, móran de na crònain agus na fuinn Ghàidhealach a bhiodh i a' seinn, 'g a chur a chadal.

An uair a thòisich an cogadh anns a' Chrimea, eadar Russia agus Breatainn, bha i 'n a seana bhoirionnach, ach ged bha an teagh-lach rioghailean anabarrach coibhneil rithe, agus ged nach robh iad air son gu'm fagadh i an dùthach, b' fheàrr leatha Russia fhágail air an sgàthsan, is chaidh i a dh' fluireach do Florence, far an do shiubhail i. Chuir iad duine leatha a h-uile ceum do Florence, a chuideachadh leatha air an t-slighe. An uair a bha i a' fagail Russia thubhairt an t-Iompaire rithe nach robh aice ach fabhar air bith a bu mhaith leatha fhaotainn bhuath ainmeachadh, agus gu'n tugadh e dhith e gu toileach. Thubhairt i gu'm b' e an rud a b' fheàrr leatha, e bhi coibhneil ri saighdearan Gàidhealach a bhiodh 'n am priosanaich. Gheall e gu'n tugadh esan òrdugh sin a dheanamh.

Iomadh bliadhna an déidh do Chatriona Nic Fhionghuin a bhi marbh dh' iarr mac an Iom-paire a thòig i (bhiodh e a' cluinniann athar a' bruidhinn uimpe) pios de chlò Muileach a bhi air a chur thuige, a dheanamh deise. Bha an clò air a dhathadh le enotal a bha air a bhuainn bhàrr nan creag, dlùth do lèrach an tighe anns an do rugadh Catriona Nic Fhionghuin.

P. C. Mac Phàrlain

Bho chionn ghoirid bha mi ag ûrachadh mu chuijmhe air rud no dhà mu 'n Chathair Ghàidhlig an Dùn-éideann, is thàinig e air ais gu m' inntinn gur e P. C. Mac Phàrlain a' cheud fhear a choisinn am Medal anns a' chlass Ghàidhlig, rud a dh' fhaodainn uisneachadh mar argumaid na'n tòisichinn air a dhearbhadh gu bheil muinntir a' mhonaidh 'n an sgoilearan as fheàrr na muinntir na fairge. Cha robh a bheag de sgoilearan maithe riagh anns na h-eileanan; gheibh-teadh daonnan na sgoilearan a b' fheàrr air tir-mór, agus gus an là diugh, ged tha inntinnean muinntir Pheairt, agus muinntir Bhàideanach, agus muinntir mhachraighean Rois (le'n gabhail thar a chéile) car maol agus mall an coimeas ris na h-inntinnean luath agus geur a tha aig muinntir nan eileanan, tha rud-eigin anns an inntinn aca na's dòimhne na tha ann an eanchaill an eileanaich, criadh dhomhain fhuar as an tig bàrr as fheàrr na gheibhbear á gainmhich, ged a dh' fhaodas bàrr na gainmhich a bhi na's tràithe. Ach air eagal gu'n loisg mi mo chorragan chan abair mi an còrr; is e a thug orm tarruing idir a thoirt air, gur ann anns a' ghleann a tha dol suas o Ath-Maol-Ruibhe, am Peairt, a rugadh P. C. Mac Phàrlain, fear de na sgoilearan a b' fheàrr a bha aig Mac Fhionghuin riagh. Bha e an toiseach an Oil-thigh Ghlaschu, is bha e anns a' chlass a bha air a theagasc leis an Ollamh Alasdair Camshron, a bha an Renton aig an àm, ach an uair a bha a' Chathair Ghàidhlig air a cur air chois an Dun-éideann, dh' fhàg e Glaschu is chaidh e do Thalla na Diadhachd, an Dùn-éideann.

Bha e dà shamhradh 'n a mhissionaraidh an Cill-Fhinncchain, am Muile, agus is ann am Muile a fhuair e galair a bhàis. Shiubhail e anns a' Mhàrt, an 1887. Bha e 'na sgoilear maith; sgriobh e mu phuingean gràmair anns a' Mhiosachan Cheiltreach seachduin no dhà m' an do shiubhail e. Na'n d' fhuair e saoghal tha e glé choltach gu'n deanadh e obair mhaith ann an Gàidhlig.

Iain Camshron, M.A., L.L.B., Ph.D.

An uiridh chuir Iain Camshron, fear-lagha ann an Glaschu, air a bheil Gàidheil glé eòlach, leabhar a mach anns a bheil e a' dol thairis air seann laghanna na h-Eireann, a dh' fheuchainn an ann orra a bha laghanna is cleachd-aidhean nan Gàidheal Albannach air an stéidheachadh, no a bheil a' bheag de lagh na h-Alba, mar is aithne dhuinn e an diugh, air

a stéidheachadh orra. Sin agad ceist mhór agus ceist fharsuing, is dh' fheumadh am fear a dh' fheuchadh r'a freagairt an dà chuid iùine agus eòlas a bhi aige, eòlas air iomadh rud nach fhaigh e ann an *class* anns a' Chollaist, no deas air son a thogail á leabhairchean.

Chan 'eil a dh'eòlas agam-sa air lagh 's gur h-urrainn dhomh a ràdh co dhuí a tha no nach 'eil a' cheist sin air a freagairt gu cothromach anns an leabhar so; ach faodaidh mi so a ràdh, gu bheil am Morair Mac Ghille-Mhaoil, aon de Ard-Ollamhan an lagha, gu làdir de'n bheachd gu'n do rinn Iain Camshron obair mhaith anns an leabhar so, agus gu'n do chuir e solus air rud no dhà a bha dorcha a thaobh seann laghanna na h-Alba. Is móir an 'rud e aon chlach, no eadhon aon spitheag, a chur an càrn an Eòlaist.

Cha b' ann air Lagh a bha mo shùil-sa anns an leabhar so ach air nithean eile a bha 'ùr dhomh agus annasach, seanchas mu dhraoidhean agus mu philibhean, mu fhacail Eireannach agus mu eachdraidh Eireannach, agus mu fhichead rud eile air a bheil Mghr Camshron a' tighinn thairis anns an leabhar. Thàinig mi thairis ann air iomadh rud air nach robh fhius agam, dh' uraich e mu chiumhne air nithean a b' aithne dhomh cheana, is chuir e gu rannsachadh mi am measg mo leabhairchean féin, a dh' iarraidh freagairt do cheiste an bha ag éiridh 'n am inntinn.

B'e an "Seanchus Mór," a theireadh sgoilearan na h-Eireann ris an leabhar anns an robh seann laghannan na h-Eireann air an cur sios agus ged nach deanadh e ach an leabhar sin fhosgladh do dhaoine do nach b' aithne e,

bu mhór sin fhéin. Ach b'e a chuid a b' fheàrr leam-sa de'n leabhar uile gu léir, an cruinn-eachadh a rinn Mghr Camshron air cainnt an lagha an Gàidhlig, facail a b' aithne dhomh agus facail nach b' aithne.

Ann an deireadh an leabhair tha e a' cur sios cuid de na seann sgriobhaidhean-lagha anns an robh fearainn air an tiomnidh thairis gu bràth mar thabhartas-saor, agus 'n am measg sin, an tabhartas a thug morair Bhuchain do Chalum-cille agus do Dhrostan. Sin a' cheud sgriobhadh a bha air a chur am làimh-sa an uair a thòisich mi air Gàidhlig ris an abramaid Gàidhlig Eireannach ionnsachadh anns a' Chollaist, ach ged nach 'eil ann ach ceithir deug no còig deug de shreathan uile gu léir tha de fhùdar anns na sreathan sin's gu'n deanadh iad braidseal a chiteadh o Dhùn-éideann gu Dornoch, agus o Dhornoch gu Obar-dheathain, na'n eureadh tu sportheine ris an fhùdar.

Tha a' chuid mhór de na leabhairchean a tha air an sgriobhadh an diugh mu'n Ghàidhealtachd mar gu'm faiceadh tu treabhaiche a' tarruig sgríob aotrum ann an talamh gainmhich an déidh buntata a bhi ann, obair nach 'eil trom air an duine no air na h-eich, ach anns an leabhar so tha an crann air a chur ann an seann ghlasaich nach do thionndadh riagh, riarsg làdir a tha trom air an treabhaiche agus air na h-eich. Rinn an treabhaiche, Mghr Camshron, a chuid fhéin gu dionghulta agus gu snasmhor, ach tha an samhladh air dol ceàrr orm, is chan 'eil fhius agam air an t-saoghal cò iad na h-eich. Mur mi fhéin agus thu fhéin, a leughadair !

## An t-Earrach

LEIS AN URRAMACH EACHANN CAMSHRON, ANN'S A' MHOIGH

O FAILT do'n ràidhe ùrar ghrinn  
A chuireas sunnd 's gach anam !  
Gach luibh air fonn is ian an crann  
A' togail fuinn is caithream ;  
Tha 'n cridh' am chom le sùrd neo-throm  
An togar rainn is ealaidh,  
'S an saogh'l gu léir eur ris an t-séisd,  
O'n dh' éirich grian an Earraich.

Tha gathan òir thar bheanntan móir  
A' dùsgadh ceòl na maidne ;  
Tha dealt an drúchd gu ceòthar ciùin  
Mar dheatach tuis o'n lagan ;  
O'n bhothan dhìbhlidh anns a' ghleann  
Tha smùid gu fann o'n chagait ;  
Tha coin is clann a' ruith in an deann  
Le aighear anns an Earraich.

Le torman fann tha sruth nan allt  
A' ruith troimh 'n ghleann 's a' mireag ;  
Nach cluinn thu 'n t-srann tha feadh nan crann,  
" So bean-na-bainns a' tighinn ! "  
Cha 'n fhad an t-àm gu'm faic thu 'm fonn  
A dh' fhàg an geamhradh greannach,  
Le breacadh dhithean, srath is frith,  
An sgeadach grinn an Earraich.

Buidheachas do'n Ti tha shuas  
'Tha buanachadh a mhaiteis,  
Is ann an cuairt na bliadhna mhóir  
Na dh' fhòghnas dhuinn 'tha tabhairt ;  
'N a ghliocas iongantach 's 'na ghràdh  
Nach d' fhuair sinn fàth air gearan,—  
Le m' bheatha àrdaicheam a chliù  
Bho'n thug e dhuinn an t-Earrach.



## An Tiadhlaic Do-Labhairt

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEOD, AM BOTH-CHUIDIR

*"Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt."*—2 CORINT. ix. 15.

**T**HA do-labhairt ann an so ag ciallachadh chan e nach urrainn dhuinn labhairt mu'n tiadhlaic a tha an so, ach nach urrainn dhuinn gu leòr a labhairt mu dheidhinn.

Tha e 'na chleachdadh agam, nuair a theid agam air, a bhi toirt sgrìob gach bliadhna do àite mo bhreith is m' àrach. A nis chan 'eil àrd no ional, chan 'eil cuil no cial an sin air nach robh mise mion eòlach 'nam bhalach; chan 'eil cnoc no beinn, glaic no gleann, tràigh no creag, allt no abhainn air nach robh mise gu maith eòlach 'n am oige. Ach chan 'eil samhradh a theid mi ann a nis nach fhaic mi ni-eigin nach do mhòthaich mi dha a roimhe—theagamh lagain cnuic no sgor creige no gèo chumhang; agus bha iad uile an sud agus mise a ruith is a cleasachd 'n am measg ged nach do mhòthaich mi dhaibh gus an so. Saoilidh mi gu bheil ceòl ann an torman sruthan àirigh nam Beirt nach cuala mi a riamh roimhe ged a bha e cheart cho binn nuair a bha mise 'n am bhalach. Chan 'eil, ma thà, uair no am a theid mi do 'n t-seann dùthchaich nach fhaic agus nach cluinn mi nithean nach do mhòthaich mi dhaibh a riamh roimhe. Chan e nach robh iad an sud o linn mo sheanar, fada mus do rugadh mi, agus eadhon o chruthachadh na dùilean. Chi mi ni ùr gach bliadhna; cha ghabh e innse na tha ri fhaicinn ann an tir, agus 'sa chruthachadh—tha e do-labhairt. So mar a bha an Abstol a thaobh an t-Slanuigheir. Riamh o fhuair an t-abstol Pòl èolas air an t-Slanuighear an toiseach bha e a faicinn buadhan beannaichte ann, ach mar a bha na bliadhna chan a dol seachad agus mar a bha esan a dol troimh fhiosrachadh is troimh shuidheachadh is troimh chranncur as ùr bha e a mothachadh agus a faotaimh eòlais air buadhan is beannachdan ùr ann. Bha an Slanuighear agus na bha ceangailte ris agus na chois, do-labhairt. Is maith a bha cuimhne aig an Abstol air a' bheatha is air an t-saorsa a fhuair e nuair a chuir e eòlas air an Tighearna an toiseach agus bha e a' faotainn ann ùr bheannachdan agus gnàth neart anns gach suidheachadh 's an robh e, agus anns gach gàbhadh troimh an deachaidh e. Cha b' urrainn dha innse gu léir; bha e do-labhairt d'a thaobh-san.

Agus a chairdean, nach ann mar so fhuair sinne e cuideachd. Tha cuimhne agad a'

bheatha is an sòlas is an gràdh a fhuair thu ann an toiseach agus ged a thàinig atharra-chadh ann an seadh air an sin fhuair thu aoibhneas ùr agus neart nuadh anns gach ceum troimh an d' thàinig thu air slighe chorragh choitchionn na beatha-sa. Is ann mar so a bha Pol a faireachdann nuair a thubhairt e fo stiùireadh an spioraid: "Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt." Bha ni ùr, ni iongħantach, ni do-thuiginn aige 'ga fhaicinn is 'ga fhaotainn 's an t-Slanuighear beannaichte daonnaン . . . agus na buadhan is na beannachdan sin daonnaン a' tighinn an uachdair an Criosd direach mar a bha e 'g an aithris; agus mar sin cha tigeadh crioch air an aithris. Bha e do-labhairt. Bha Pol an abstol a' labhairt riutha mu thabhartasan is mu thiodhlaican; so ars' esan, tiadhlaic do-labhairt Dhe; chan ionghnadh ged a bheireadh sinn buidheachas dha air a shon.

A nis tha an tiadhlaic so do-labhairt ann an dòigh no dhà.

*1. An toiseach, mar a tha e ag co-fhreagairt ri uireasbhuidh is suidheachadh dhaoine peacach.*

Tha an tiadhlaic so—saor thiodhlaic Dhe an Criosd—a' co-fhreagairt ri suidheachadh is feum gach aon a tha gabhail an tiadhlaic. Tha cuimhne agam a bhi leughadh ann an leabhar-beatha mna uasail a bha uair-eigin an Lunnainn gu'n robh i ag innse ann mu thiodhlaic a fhuair i agus i 'na h-inghinn bhig. Aon uair aig ám na Nollaighe bha i ag radh gu'n tug a h-athair agus a mathair a mach i los tiadhlaic a cheannach dhi. Bha iad a fuireach an aitreibh mór riomhach air bràighe a' bhaile-mhóir agus dh' fhalbh iad leatha-se air laimh do'n bhaile gus an ceannaireadh iad dhi fior thiodhlaic agus gur h-e i-fhein an t-aon leanabh a bh' aca. Ars' ise, nuair a bha sin ag coiseachd troimh chearnaich bhochd de'n bhaile agus sinn a dol dh' ionnsuidh nam bùitean móra maiseach 's an taobh-siar, bha sinn a dol troimh shràid chaol chumhang le fior choltas na bochdaiann agus dé a chunnaike misé, ars' ise, ann an uinneig bùithn threall-aichean ach liughag bheag agus i ann an leabaidh bhig shnog. O! ars' ise, thoiribh dhomh an liughag ud 'na thiodhlaic-Nollaige, so an dearbh thiodhlaic a tha dhith orm. A ghaoil mo chridhe, arsa a mathair, agus i ga

tarruing air falbh tha sinn a dol thoirt tiodhlac dhuit a tha ciad fichead uair na 's luachmhoire is na 's maisiche na sud. Dh' fhalbh iad leam, ars' ise, agus eanad annam ag gul is mo chridhe an impis sgàineadh agus thug iad mi gu aon de bhuitean móra a bhaile; cheannaich iad an sin ni-eigin a chosd barrachd agus a ciad fhichead uiread agus a chosdadh an liùghag is an leabaidh. Ach cha bu tiodhlac dhomhsa e, cha robh e ag co-fhreagairt rium, agus thug mi fuath mo chridhe dha. O! arsa a bhean, Carson nach tugadh pàrantan is cairdean tiodhlac do chloinn a bhitheadh a' co-fhreagairt ri staid is ri an iarraighe. So, a charaid, an dearbh ni a rinn Dia nuair a thug e dhuinne a tiodhlac do-labhairt an Criod. Tha e a' co-fhreagairt ri ar feum is ar suidheachadh mar pheacaich chailte. Is maith an tiodhlac a tha co-fhreagairt ri feum no ri uireasbhuidh a tha oirnn. Ma tha sinn acrach is maith an tiodhlac am biadh, agus gun aran gun bhiadh chan 'eil móran tairbhe ann an tiodhlac sam bith eile; chan 'eil ni eile ann a chumas beò sinn mur a faigh sinn biadh. Ann an tinneas is maith an tiodhlac an t-sláinte agus chan 'eil ann an tiodhlac eile ach neoni an taca ris an sin. 'Se an tiodhlac a tha co-fhreagairt ri ar feum fa leth a tha feumail is luachmhor aig an àm. Tha, matà, tiodhlac Dhé ann an Criod a' co-fhreagairt ri uile fheumannan anam an duine. Bha sinn marbh ann am peacannan is ann an eu-ceartan agus bheothaich e sinn, agus thug e dhuinn an dearbh ni a bha dhith oirnn . . . beatha, seadh beatha shiorruidh. Bha sinn fada air falbh o Dhia agus thug an tiodhlac sinn am fagus da-fhéin; bha sinn an daorsa agus thug e saorsa dhuinn; bha sinn mi-chúramach agus gun ghràdh dha-san agus rinn an tiodhlac so sinn eudmhòr is làn gràidh is caomhalachd. Tha an tiodhlac so do-labhairt 'na thoraidhean dhuinne.

Seadh agus dé an suidheachadh anns an robh sinn nach do fhreagair an tiodhlac so dhuinn? Ann an am subhachais is soirbheachaichd bha e a naomhachaichd an t-sòlais, is a daingneachadh an t-soirbheachaichd dhuinn; ann an trioblaid is an teamntachd bha e a co-fhreagairt ri ar feum an uair sin; ann am bròn is an àmhaghair bha e, is e a bhà, a' freagairt ruinn an sin. Cha robh feum no suidheachadh no staid anns an robh an Abstol . . . no sinne . . . nach robh an tiodhlac so a deanamh suas fheuma. Tha e direach do-labhairt; cha ghabh e innse ann an ionlanachd mar a tha e a freagairt ris gach aon a tha gabhail ris daonnan. A charaid agus a bhana-charaid, sin mar a fhuair sinne e—direach na thiodhlac do-labhairt anns an dòigh a tha e a' co-fhreagairt ri ar feum is ar suidheachadh is ar staid aig gach ám agus anns gach àite.

2. *Fhaic thu cuideachd mar a tha an tiodhlac so do-labhairt anns an dòigh 'sam bheil e airidh air an Ti a thug uath e.*

Faodaidh tiodhlac a bhi feumail agus freagarrach air iomadh dòigh ach gun a bhi làn airidh air an neach a thug dhuinn e. Dh' fhaodadh caraid a bhi agam fhéin agus e a thabhairt dhomh tiodhlac a tha feumail is eireachdail is maith, ach dh' fhaodainn a radh: Tha an tiodhlac so maith da rìreadh, agus feumail dhomhsa, ach a reir comais is suidheachaichd mo charaid dh' fhaodadh e tiodhlac ni b' fheàrr a bhi air a thabhairt dhomh. Ach chan urrainnear so a radh mu dheidhinn Dhé, thug e dhuinn an t-aon tiodhlac a b' fheàrr a bha 'na chomas, Aon Mhac a ghràidh. Tha an tiodhlac airidh air an Dia neo-chriochnaichte—airidh air an Ti as ro naoimh, an t-Athair caomh bhith-bheò, bhith-threun agus uile ghràdhach. Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.

Tha cuimhne agam a bhi leughadh an àite-eigin mu dheidhinn Prionnsa Tearlach nuair a bha e fo an choill an deidh blàr Chuillidair gu'n robh e 'na chleachdad aige a bhi toirt tiodhlaic do neach sam bith a bha nochdadh coibhneis agus deagh-ghean ris, agus b'e an tiodhlac a bha e daonnan a toirt seachad gini òir. Bha e fo dheireadh agus e greis air an allaban a faontainn an aiseig o aon de na h-eileanan gu tir-mór agus thubhairt e ri chompanach: chan 'eil agam dh' an t-saoghal ach aon ghini òir agus ma bheir mi do'n fhearaiseig e cha bhi aon sgillinn ruadh agam. Antà, arsa a chompanach, tha airgiod geal agam fhein agus bheir 'ur móráchd dha e an àite an òir. Stad am Prionnsa car greiseig agus an sin thubhairt e: Cha tabhair, ma bheir mise tiodhlac idir seachad feumaidh e a bhi airidh air prionnsa, cha dean a chùis ach an t-òr; bheir mi seachad an gini mu dheireadh, agus shùn e dha e.

A charaid, so an ni a rinn an t-Athair siorruidh, an Dia uile-chuamhachdach, thug e dhuinn an gini mu dheireadh agus dealbh is sgríobhadh an Righ air—Aon Mhac a ghràidh. Tha an tiodhlac airidh air an Ti a thug dhuinn e, agus cha b'urrainn eadhon esan ni b' fheàrr a thabhairt dhuinn. Tha an tiodhlac do-labhairt anns an t-seadh so cuideachd. Cha b' iongnadh ged a theireadh sinne maille ris an Abstol, matà, buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.

So matà, tiodhlac a tha sonraichte agus eadar-dhealaichte bho thiodhlac 'sam bith eile, tiodhlac nach b' urrainn neach sam bith a thoirt dhuinn ach an Dia siorruidh. Cha ghabh e labhairt air ann an ionlanachd cho sonraichte is cho luachmhor is a tha e—fior ionmaigh an De neo-fhaicinnich, le dealbh

is suicheantas Dhé air; agus e airidh air Dia fhéin ann an gràdh is an tràcair is am móráchd a chumhachd. Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.

*3. Seall a nis a' bhuaidh a tha an cois an tiodhlaic do-labhairt so.*

Tha buaidh aige air Dia fhéin. Nuair a tha mi-fhéin comasach air tiodhlac a thabhairt seachad do charaid no do bhana-charaid tha e ag cur aoibhneas 'n am chridhe gu bheil e 'n am chomas sin a dheanamh. Ma tha neach ann air a bheil fior ghaol agam agus e ann an uireasbhuidh is am feum agus gu bheil e comasach dhomhsa ni a thabhairt dha a bheir fuasgladh dha, tha e a cur aoibhneis 'nam chridhe-sa gu bheil e 'n am chomas sin a dheanamh. Nach d' thuirt an Slànuighear fhéin: Tha e na 's beannaichte ni a thoirt na ghabhail. Agus tha e ag cur aoibhneis an eridhe an Athar ghràsmhor gu bheil e 'na chomas fuasgladh is furtachd a thoirt do chloinn fhéin agus iad an cruaidh fleum aig an nàmhaid is aig a pheacadh. Tha so mata, an cois an tiodhlaic do-labhairt, gu bheil e a toirt aoibhneis do'n Tì a thug seachad e. Tha aoibhneas an lathair Dhé agus aingean na glòire airson aon pheacach a ni aithreachas is a ghabhas ris an Tiodhlac do-labhairt. Tha e do-labhairt anns an t-seadh anns a bheil e toirt riachadh is aoibhneas do'n Athair ghàlormhor.

Rud eile. Tha tiodhlac a toirt aoibhneas do'n neach a gheibh e. Nuair a tha caraid no bana-charaid a toirt tiodhlac dhuinn tha sin a cur aoibhneas 'n ar eridheachan agus a

toirt riachadh dhuinn. A charaid, an gabh e innse mar a thug an tiodhlac so riachadh dhuinne agus an t-aoibhneas naomh a thàinig 'na chois do ar n-anama. So cainnt gach aon a ghabh ris: Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.

Tha a rithist tiodhlac a toirt chairdean na 's dlùithe dha chéile. Agus sibhse a bha fad as thug e am fagus tre fhuil Iosa Criosd; thug e sinn tre an tiodhlac gu bhi 'n ar dlùth chairdean dha fhéin; 'n ar mic is 'n ar nigheanan do Dhia. Tha a' bhuaidh tàlaidh so aig an tiodhlac iongħantach so, saor thiodhlac Dhe; agus tha e do-labhairt anns an dòigh so cuideachd. Tha, agus chuala sinn mu naimhdean a bha air an deanamh réidh ri cheile agus 'n am fior chairdean le aon tiodhlac a thoirt do'n neach eile; agus tha an bhuaidh so aig saor thiodhlac Dhe, rinn e sinne a bha 'n ar naimhdean dha-san agus do chach a cheile 'n ar cairdean is 'n ar cloinn do Dhia. Tha e do-labhairt anns an t-seadh so cuideachd mar as maith a bha fhios aig Pol, agus againme a ghabh ris mar an ceudna. A chairdean ionmhuinn, chan 'eil cainnt air a' bhuaidh is air an luach is air an éifeachd a tha 's an tiodhlac so dhuinne; tha gach ni ann air am bheil sinn a cur feum ann an tim agus anns an t-siorruidheachd.

"Tha agam ann an Criosd na tha m' anam bochd ag iarraidh,

'S chan abair mi gu siorruidh nach leòr e:

Tha an t-uig a' dol 'na fhion ann, tha mil is bainne is biadh ann,

Tha cridheas is fialachd is ceòl ann."

Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.

## Gilleasbuig Mac Amhlaidh, Ceistear Eilean Heisgeir, an Uidhist-a-Tuath

LE D. I. MAC DHUTH-SÍTH, SOLLAS, AN UIDHIST

IS ann an eilean iomallach Heisgeir, ochd àmbe mara bho Uidhist, a rugadh, 's a dh' àraicheadh, 's a shaothraich, 's a chaochail an duine diadhaidh urramach so. Faodaidh mi ràdh gur e so am fear mu dheireadh de 'n fheadhainn a b' ainmeile de 'n mhuinntir ris an cainte 'n an latha féin na "daoine." Bha bàrr paitl ann an Uidhist dhiubh sin, ri linn Mghr Mhic Amhlaidh, ach 's math an ni ri innseadh nach do theirig an seòrsa sin an Uidhist fathast, ged nach 'eil iad an diugh cho fior ainmeil 's a bha iad aon uair.

Ciod air bith an t-seirbhis gus an gairme-teadh an duine urramach so ann an eaglais, co-dhiu 's ann a sheinn, no a dh' ùruinigh, no a labhairt air "ceist," no a theagasc, bha e comharraichte math orra uile. Mar

sheinneadair, cha mhór, ma bha iad idir ann, a rachadh air thoiseach air. Bha e cumhachdach ann an ùruinigh; agus ann an labhairt air "ceist," bha e air a mheas leò-san a b' urrainn breith cheart a thoirt, nach robh neach ann a rachadh air thoiseach air; agus ann an ceann teagaisg, bha e air a mheas tomadach, druidh-teach, agus soisgeulach, ionnus nach robh neach riamh a chuala e a b' urrainn a chomhairlean dileas druidh-teach a dhì-chuimh-neachadh.

Cha robh neach riamh, sean no òg, ann an eaglais no ann an tigh-coinneimh, no air an raon fhosgailte, aig àm comanachaидh, no aig àm sam bith eile, nach deanadh toileachadh ri Gilleasbuig Mac Amhlaidh fhaicinn 's a' chuideachd, le fhalt fada geal, 's le gnùis

anns an robh faoilt agus maise na naomhachd a' nochdadadh gu soilleir.

'Nuair a dh' éireadh e an ceann a dhreuchd bhiodh gach neach 's an làthair duilich gu'n sguireadh e, 's mar sin bha ainm is iomradh is clù an duine chòir fad is farsuinn. Bha boireannach gasda pòsda aige, Mór Bhoyd, de theaghlaich còir, agus bha teaghlaich còir aca a fhuair togail ro-mhath, ach chaidh am fiosrachadh gu tròm agus gu goirt leis a' bhàs, m' an do chaochail iad fein, ach tha cuid de 'n teaghlaich a làthair fathast.

Chaochail Gilleanbuig Mac Amhlaidh an toiseach, agus greis 'na dhèidh sin, chaochail a

bhean. Bha ise 'na cuideachadh agus 'na cùl-taic mhór d'a companach anns a' h-uile rathad am fad 's a bha iad còmhla. Chaith an duine caomh so beatha eiseimpleireach ann an dleasdanais na diadhadheachd air an talamh, agus chàochail e làn de làithean agus de dheagh thoradh, oir għluais e maille ri Dia, is chan 'eil e ann, oir thug Dia leis e gu bhi faotainn seilbh anns an t-suaimhneas, agus anns a' għaoļ shiorruidh a chaidh thar gach uile eòlas.

"Cuimhn' is iomradh math a chaoidh  
Bidh air an fhirean chòir."

## Anns a' Choille Bheithe

**U**AIR a chaidh fear de mhuinntir Lios-mór gu margadh an Obain chaill e a choguis. Cha d' fhaich e gu'n do chaill e i gus an robh an t-each reicte, agus an robh an t-àm aige dol sìos do'n bhàta a ghabhailean aiseig dhachaidh.

Thubhairt aon no dhà ris gu'm b' fheàrr dha tilleadh air ais a shireadh na coguis a chaill e; gu'm b' fheàrr dha an *Locearn* a chall seach a choguis.

Bha e an iom-chomhairle mionaid no dhà, ach an sin leum e air bòrd cho aotrum ri balach, ag ràdh, "Leigidh mi leatha; tha mi an dùil gu bheil e cho maith leam a bhi as a h-eug-mhais." Cha dubhaint càch diog, ach an déidh dhaibh dol dhachaidh thug iad an aire gu'n d' fhàs ceum an fhir a chaill a choguis na b' aotruime na bha e o chionn fichead bliadhna. A réir choslais dhùchuumhnhich e an call a thàinig air, is cha robh duine ann an Lios-mór a bu shunndaire na e.

An uair a rachadh coimhearsnaich air chéilidh air, b'e an aon seanchas a bhiodh aige, an t-aotrumachadh inntinn a fhuair e o'n là a chaill e a choguis, agus an t-aotrumachadh cuirp a fhuair e o'n là a thugadh as an *appendix*. "An làithean m' òige," theireadh e riu, "bha mo shìth air a milleadh gu buileach le m' choguis; bhithheadh i 'g am bhioradh agus 'g am chriomadh gun sgrù; anns an oidhche fhéin cha leigeadh i tàmhl leam, ach 'g am cheasnachadh mar gu'm biodh fear-lagha, a' feòraich dhiom car son a rinn mi sud, no car son nach do rinn mi so. Cha robh saorsa idir agam; na 'm bithinn a' dol a dh' ionnsuidh na Faidhreach Muilich, no gu bàl ann an Dùròr, agus e 'n am bheachd mo shàth a ghabhaile de na toil-inntinnean a gheibhearr air còmhdailean de'n t-sèòrsa sin, cha leigeadh mo choguis aon mhionaid as a sealladh mi, is bu cho maith leam mo mhàthair agus am ministear agus am maighstir-sgoil a bhi còmhla rium. Ach an diugh chan 'eil mi air mo

cheangal le teadhair no le cipean; o'n là a chaill mi mo choguis faodaidh mi mo rogh-añnn a dheanamh gun chompanach agam a bhios a' faotainn coire dhomh."

\* \* \* \* \*

Air là margaidh tha àite-féille *Chorsoin* cho làn puill 's nach biodh e furasda dhuit ulaidh fhaicinn anns a' pholl ged bhiodh an ulaidh sin na bu deàrrsaiche agus na bu ghloine na coguis an Liosach. Bha a' choguis a chaill e cho meirgeach agus cho salach, le cion sgùraindh, 's gu'n deachaidh na ficheadan agus na ceudan seachad oirre fad an là gun a faicinn, gus an do thog balach as an Apuinn an rud neònach ud a chunnaic e anns a' pholl, balach a bha air a chur do'n Oban le mhàthair a bhuachailleachd athar air là a' mhargaidh.

Ach a dh' aindeoin buachailleachd a' bhalach cha b' urrainn dha athair a chumail as na tighean-òsda, is ged nach robh an dubh-dhaorach air bha ceò agus tuinealaich 'n a cheann.

Shin am balach dha a' choguis a thog e as a' pholl, "Athair," ars' esan, "a bheil fhios agaibh ciod a tha an sin ? "

Għlac an duine a choguis eadar a chòrrag agus òrdag, ach a cheart cho luath 's a rinn e sin thug e leum as, oir chaidh saighead troimh fheòil agus fħéiðean agus a chridhe mar gu'm biodh gath dealanaich.

B'e an t-aobhar nach deachaidh gath no goirisim ann am feòil a' bħalaich, an uair a láimhsich e a' choguis a fhuaradh anns a' pholl, gu robh a choguis féin beò agus fallain 'n a chom, ach ma chailleas duine a choguis agus gu'm faigh e coguis eile air dhòigh air bith, tha a' bħuaidh sin aice daonnan, gu'n toir i air clisgeadh agus leum as a sheasamh mar gu'n rachadh peilear ann. Mar sin bha an leum a thug tuathanach na h-Apuinn as 'n a chomharradh cimteach gu'n do chail esan a choguis cuideachd, mar is tric a tha tachairt do dhaoine a bhios ag òl.

Ach mar a thubhairt mi cheana cho luath 's a chuir am balach an ulaidh ud 'n a làimh chaidh saighead 'n a chridhe, is uidh ar n-uidh thàinig e thuige féin.

Thàining a chiall agus a chuimhne agus a mheomhair air an ais, agus an sin thòisich dealbh as déidh deilbh air leum fa chomhair inntinn; bha e a' faicinn athar agus a mhàthair air an glèinean ag ürnuaigh, ach m'an gann a thàinig iad fa chomhair gu ceart, chunnaic e e-fhein agus buidsear á Meadar-loch a' dol a steach do thigh-òsda anns a' Chonaghail—a' cheud uair a chaidh e riamh a dh' òl—agus Catriona a bhean, shuas air mullach Chruachain a' caoineadh, an glasadh an latha; ach m' am b' urrainn e a thuigssinn ciod a bha i a' deanamh air mullach Chruachain aig an àm ud, agus fhios aige gu robh i dlùth air a bhi air a leaba-shìubhlà, leum i agus a' chlann uile 'n a h-uchd a null gu Beinn Shianta, an Aird-nam-murchann, far an robh e air an daoraich deich làithean, eadar Cille-Chòmhghain agus Tobar-mhoire, a' bhliadhna a chaidh e fhéin agus Rob Mac Phàil a cheannach ghamhna an Ath-tharcail; an ath mhionaid an àite a bhi sealltuinn air a mhnaoi air mullach Beinn Shianta chunnaic e e féin a' dol fodha aig ceidhe an Obain, agus balaich an Obain uile agus an Siòrram air an ceann a' glaoadhach, "Bàthaibh e, Bàthaibh e;" ach am priobadh na sùla bha e 'n a làn fhairéachadh 'n a shuidhe ann an Cùirt an t-Siòrraim, far nach robh duine beò ach e fhéin agus Guth, Guth nach robh a' fuireach leth-mionaid anns an aon àite, agus nach robh a' deanamh fuaim idir, ged bha esan 'g a chluinn-tinn mar gu'm biadh tairneanach ann. Ach rud a b' iongantaiche leis air fad bha e 'g a fhaicinn féin ann an dà àite; b' e féin am pròs-anach agus b' e féin am breitheamh, agus gun uiread agus fianaisean a ghairm chual e an Guth 'g a dhiteadh, agus a ghuth féin ag ràdh, agus e a nis 'n a shuidhe 'na thigh féin, "Is duine truagh mi; cò a shaorsa mi o chorpa a' bhàis so?"

Bha e mar sin dà mhios, a' caoineadh agus ag ochamaich, is bha dùil aig daoine gu robh e air a dhùsgadh agus nach b' fhada gus am biadh e air iompachadh, ach cha b' e bròn diadhaidh a bha 'na chridhe idir ach eagal ifrinn agus breisleach a' mhisgeir, agus mar sin a' cheud là a chaidh e fhéin agus a chompanaich-òil air an ais do'n Oban chuir e roimhe gu'n tilgeadh e bhuaith a choguis air ghaol a shaorsa agus a shonas fhaotainn air aon uair eile.

Is ann mar sin a bha. Chaidh e fhéin agus triùir thuthanach eile as an Apuinn a steach do'n tigh-òsda ris an abrar "Na h-Iuchraichean Oir," agus m'an tàinig iad a mach as fhuair e cothrom air a choguis a thilgeadh air cùl

a' chuntair, 'nuair nach robh an t-òsdair a' sealltuinn air.

\* \* \* \* \*

Cha do thachair dad eile an là ud, ach an ath mhàduinn, an uair a bha Seòras Mór Mac Thomais, an t-òsdair, a' sguabdh an ùrlair, faicear rud-eigin a' deàrrsadh ann an oisean an t-seòdmair. Chrom e a thogail an ruid, ach a cheart cho luath 's a bhean e dha chaidh mile saighead ann mar gu'm biadh cadal-deilginneach anns a h-uile mir a' fheòil.

An sin thòisich e air seallaidhean fhaicinn a bha cho neònach 's nach robh fhios aige co dhiu a bha e 'g am faicinn le a shùil chorporra no a' bruadar, ach bha iad cho soilleir fa chomhair 's gu'n dubhaint e r'a mhnaoi gu robh e air an dara sealladh fhaotainn; "rud," ars' esan, "a tha dùthchasach dhomh."

Sheall a bhean air gu dùr, agus i a' feuchainn ri thuigssinn ciod a chuir air aimhreit e.

"Cha leig thu a leas a bhi sealltuinn orm cho dùr," ars' esan; chan e sin a tha ceàrr orm idir, ach ar leam gu bheil mi a' faicinn mar gu'm biadh réiseamaid de thamhaisg eadar mi agus an Ceidhe, agus càir air aodann a h-uile fir dhiubh rium, mar gu'm bu mhise a b' aoibhar nach 'eil iad fhadast anns an fheòil."

An ceann greis chaidh buidheann de sgioba bàta a bha aig a' cheidhe a steach, is dh' iarr iad canna leanna am fear air, ach an àite an leann a thoirt dhaibh thòisich e air a h-uile botul a bha air na sgeilpichean a bhriseadh, is chomhairlich e dhaibh leann agus uisge-beatha a sheachnad.

Sheall na seòladairean air an duine na bu dùire na sheall a bhean air, is thubhairt iad le aon ghuth gu robh e as a chiall. Ach ma bha e as a chiall, cha robh coltas na mì-chéille air an ath ghnìomh a rinn e.

Chruinnich e ceart còmhla a h-uile páisde anns an Oban a bha gun aodach no gun bhrògan, is thusg e biadh is aodach is cas-bheart dhaibh.

Cha do reic e deur uisge-bheatha fad an là, ach ged nach do reic cha do chuir sin dragh air mar a dheanadh e uair-eigin, is cha luaithe a leag e a cheann air a' chluasaig na chaidil e cho sèimh agus cho trom ri leanabh, is cha do smoislich e gus an robh a' ghrian an àird an adhair.

\* \* \* \* \*

Ghabh bean Sheòrais Mhóir eagal gu'n tigeadh iad gu bochdaiann na'n rachadh Seòras air aghaidh a' biathadh clann an Obain agus ag iarraidh air daoine stad de'n uisge-bheatha. Mar sin, an uair a chunnaic i cho trom 's a bha e 'n a chadal ghabh i fath air a phòcanna a shiubhal, gus a choguis a chur as an t-sealladh m' an éireadh e. Air eagal gu'n cuireadh i cadal-deilginneach 'n a feòil fhéin cha bheanadh i ri the le a meuran, agus is ann leis a' chlobhà a thilg i mach air an t-sràid i.

Cò a bha dol seachad aig an àm ach bannal cheàrd á Tigh-an-uillt agus iad a' dol a mach do na h-eileanan air cheann an gnothuich. Thairg bean an òsdair tasdan dhaibh na'n togadh iad an rud a bha air an t-sràid, agus na'n tilgeadh iad a mach e air cùl Clearara.

Thubhaint iad rithe nach cuireadh iadsan corrug air rud nach robh fhios aca ciod a bha ann.

“ Ma bu mhaith leibh,” ars’ ise gu cas, “ fhios a bhi agaibh ciod a tha ann, tha ann ulaidh air a bheil mór-fheum agaibhse, ulaidh a bheir oirbh an fhìrinn innseadh co dhiu a tha sibh air a shon no nach 'eil.”

## Anns a' Chathair

### Ma théid na bunaitean air dhùth

**T**HA cuimhne agaibh air an fhacal a sgriobh an Salmadair, “ Ma sgríosar na bunaitean, ciod a ni am firean ? ” (xi 3). Bha dùl agam gu'n cuireadh duine-eigin na briathran sin an cuimhne na h-eaglais anns an t-seanchas a tha dol air aghaidh o chionn mìos no dhà mu chraobh-sgaoileadh an t-soisgeil an dùth-channa céin, ach cha chuala mi is chan fhaca mi gu'n d' thug aon neach tarruing orra, ged tha iad a' dol gu bun a' ghnothuich.

Tha an eaglais air dol ann an ainbheach trom (£67,000) le bhi giùlan air aghaidh oibre anns na tirean thall a tha a' cosd barrachd airgid na tha an sluagh a' toirt dhi ; tha i a' cur a mach còrr agus fichead mile punnd Sasunnach a h-uile bliadhna na 's mò na tha i a' toirt a steach. Chan fhaodar sin a leigeil air aghaidh ; feumar crìoch a chur air, an aon dòigh no an dòigh eile.

Car son nach 'eil an sluagh a' toirt na dh' fhòghnas a dh' airgiad air son na h-oibre so ? An e nach urrainn dhaibh, a chionn nach 'eil airgiad aca ? Chan e idir ; cha robh uiread airgid riamh an Albainn's a tha ann an diugh. An e gu bheil an eaglais a' gabhail os làimh tulideadh 's a chòir an Africa, an China, agus anns na h-Innsibh an Ear. Chan e na 's mò. Ciod an t-aobhar, ma ta, nach 'eil buill na h-eaglais na 's fialaidhe na tha iad a thaobh craobh-sgaoileadh an t-soisgeil ?

Chan 'eil Cléir an Albainn anns nach robh deasbud air a dheanamh mu'n chùis sin, ach cha chualas duine idir ag ràdh dad mu na bunaitean a tha dol air dhùth.

Gus o chionn ghoirid cha robh ach glé bheag de dhaoine an Albainn a chuireadh teagamh anns an dà rud so,

(1) gu robh anmanna neo-bhàsmhor a' dol gu truaighe shiornuidh mur cluinn-eadh iad an soisgeul.

(2) gur e dleasdanas chreidmheach ùmhachd a thoirt do fhacal Chriosd (gun a bhi

“ Seasaihb air 'ur n-ais, a chlann,” ars an ceàrd-mór, “ agus na beanaibh ris an rud chunnartach air son an t-saoghal ; b'e sin dhuinne ar còir-bhreith a reic air neo-ni.”

\* \* \* \* \*

Chan urrainn mi innseadh c' àite an d' fhuar a choguis a chaill an Liosach dachaidh bhuan mu dheireadh, ach ma bha coltas neònach oirre, bu neònach na sin a' bhuaidh so a bha innse, gu'm fàsadh na daoine a ghabhadh rithe aotrum agus sona, agus gu'm fàsadh an fheadhainn a bha as a h-eugmhais a cheart cho aotrum agus cho sona.

a' reusonachadh uime idir). “ Imichibh air feadh an t-saoghal uile agus searmonaichibh an soisgeul do gach dùil.”

Sin na bunaitean air an robh craobh-sgaoileadh an t-soisgeil air a stéidheachadh an làith-ean m' òige, agus b' e sin na h-argumaidean a bhithinn fhéin a' cleachdadh an uair a thòisich mi air searmonachadh an toiseach.

Ach tha na bunaitean sin air dol air dhùth, agus cha d' fhuaireas dad eile a chuirear 'n an àite, co dhiu dad eile a bheir air daoine a bhi cho dùrachdach agus cho dealasach ann an craobh-sgaoileadh an t-soisgeil 's a bu chòir dhaibh a bhith.

\* \* \* \* \*

Chan 'eil duine as an fhichead a' creidsinn gu bheil cor nan cinneach aig uair am bàis dad na 's miosa na cor nan Crioduidhean ; their iad riut gu bheil creideamh an aithrichcean aca, agus ma tha iad a' gluasad a réir an t-soluis a tha aca, nach iarr Dia an còrr orra. Their iad nach ann idir air bhonn spioradail a tha an eaglais an diugh ag iarraidh dhaoine agus ag iarraidh airgid, a chuireas i a mach do dhùthchanna céin ach air bhonn saoghalta ; a 'chionn gu bheil na missionaraidhean a' toirt do na dùthchanna sin dà rud ris an abrar anns a' Bheurla civilization agus education, no oilean ; dà rud as an robh sinn uile cinn teach aon uair gur e beannachdan priseil a tha annta, ged tha amharus aig móran dhaoine an diugh gur iad a tha cur air aimhreit an t-saoghal.

Cuimhich, a leughadair, nach ann a' gabhail taobh nan dhaoine a tha a' deanamh dearmaid air obair an t-soisgeil thar chuantan a tha mi ; chan ann idir ; chan 'eil fodham ach so a ràdh, nach e cion airgid, no cion coguis, no cion suime, as aobhar nach 'eil a' mhor-chuid-eachd ag éisdeachd ris gach gairm is glaodh a tha tighinn thuca bho 121 Sràid Dheòrsa ; is e an fhìor aobhar nach 'eil iad a' creidsinn 'n an cridhe gu bheil so 'na chall air bith do na cinnich. Agus chan 'eil iad a' cluinniinn ann

*an cùbaidean na h-eaglais an diugh dad a chuireas  
as am beachd iad.*

An là roimh leugh mi ann an Miosachan àraidh na beachdan a tha aig diadhair mór nach ruig mi a leas ainmeachadh air obair shoisgeulach an dùthchanna céin. Bha e a' gearan gu bheil na Comuinn a tha cur air aghaidh na h-oibre sin (anns a h-uile eaglais) ro chumhann 'n am beachdan agus a' cur tuilleadh 's a chòir de chudthrom air calldachd dhaoine a bhàsaicheas gun eòlas air Criosd.

Thubhairt e cuideachd nach robh e ceart a bhi ag uisneachadh na h-argumaid so (argumaid a dh' uisнич mise iomadh uair), gu bheil facal Chriosd a' cur crioch air gach uile chonnsachadh mu ar dleasdanas, "Imichibh air feadh an t-saoghal uile agus searmonaichibh an soisgeul do gach dùil," a chionn nach d' thubhairt Criosd am facal ud idir. Sheall mi ann an leabhar an Ollaimh Seumas Moffat, feuch ciod a tha esan ag ràdh uime, ach cha ruiginn a leas an dragh a chur orm féin oir dh' fhaodainn fhios a bhi agam ciod a theireadh esan. Tha e ag ràdh nach e falas Chriosd a tha ann idir ach "inntinn na h-eaglais an déidh làimh." Sin mar tha na bunaiteann a' dol air dhìth; chan 'eil ann dhuinn ach féin-mhealladh a bhi an dùil nach 'eil an Sgoilearachd Nodha a' cladhach fo stéidh a' Bhiobuill, agus a' toirt ӯghdarrais bhuaith. Agus bha cho maith dhuit dol a dh' iarraidh bainne bho mhart seasg ri dol a dh' iarraidh airgid air son obair

shoisgeulach air duine nach 'eil a' creidsinn anns a' Bhiobull.

Is e na bunaitean air an stéidhicheadh an diadhair a dh' ainnmich mi obair shoisgeulach am measg nan cinneach,

(1) gu bheil an soisgeul a' cur air aghaidh *civilization* anns gach àite a ruigeas e,

(2) gur e an Creideamh Criosduidh an creideamh as àird am measg gach creideamh eile a tha anns an t-saoghal.

Tha an dà rud sin flor, ach ma tha, chan ann air bunaitean de'n t-séorsa sin a thogar eaglais Chriosd. Cò am missionaraidh riamh a chaidh a mach an ainnm *civilization*, no cò a leanas air airgiod a thoirt do'n eaglais air son na h-oibre so a chionn gur e an Creideamh Criosduidh creideamh as àird anns an t-saoghal? Tha missionaraidhean a' dol a mach air feadh an t-saoghal a chionn gu bheil gràdh Chriosd 'g an eo-éigneachadh; tha a' cheart aobhar 'g an cur do Shina agus do'n Afric a thug Chriosd féin o néamh gu talamh, "a shireadh agus a theàrnadh an ni a bha cailte." Chan ann mar bhean-chuideachaidd do *Civilization* a bu chòr dhuinn a bhi smuaineachadh air soisgeul Chriosd ach, "mar chumhachd Dhe a chum slàinte."

Ma théid na bunaitean air dhìth le as-creideamh no le cion teagaisg fallain faodaidh an eaglais airgid iarraidh, ach chan fhaigh i e.

## Aig an Uinneig

**T**HUBHAIRT Frangach uair-eigin gur ann mar a b' èolaiche e air daoine a b' fheàrr leis coin. Chan fheàrr leam-sa coin na daoine, ach air a shon sin is toigh leam a bhi cluimintinn naidheachdan beaga laghach mu choin, air a bheil dreach na firinn; rud nach 'eil orra daonnaid. Ma tha naidheachd de'n t-séorsa sin aig duine air bith a bhios a' leughadh nan duilleagan so *mu'n chù aige fhéin*, agus ma chuireas e chugam i, leigidh mi a dreach an urra ris an luchd-leughaidh.

Ach bheir mi féin dhuibh a' cheud té, is tha e a' toirt am barrachd toileachaidd dhomh a h-innseadh a chionn gur ann mu *Alsatian* a tha i; séorsa chon nach toigh leam idir. An uair a leugh mi an naidheachd so ann am paipear Sasunnach an là roimh bha i mar gu'n cuireadh tu éibhlean guail air mo cheann, is chuimhnidh mi le näire air a liughad droch fhacal, agus breith luath lochdach a thug mi air coin *Alsatia*.

"Air maduinn Di-ciadaoin chaidh páisde beag, Gordon Morris, trì bliadhna a dh' aois, a mach á tigh athar, agus gun còmhla ris ach an cù, peata Alsatianach d' am b' ainnm

*Beataidh.* Bha dùil aig muimntir an tighe gu'n tigeadh iad air an ais a h-uile mionaid, ach 'nuair a bha an àine a' dol seachad, ghabh iad eagal gu robh rud-eigin ceàrr, is thòisich iad air siubhal thall 's a bhos. Thàinig am feasgar agus gun sgeul air a' phàisde no air a' chù. An sin chaidh an tòrachd a mach; coimhearsnach, dròbh chonastabal, agus daoine eile, a chuala gu robh am páisde air chall,—lean iad orra fad na h-oidhche, sios is suas an cùl-shràidean a' bhaile agus a mach air an dùthaich os cionn a' bhaile. Aig còig uairean 's a' mhaduinn fhuaradh am balach ann an achadh an taobh a mach de'n bhaile, 'na shuain chadail, agus an cù 'na shìneadh 'na chuaireig timchioll air, mar gu'm biodh e a' feuchainn ri chumail blàth. Cha robh e furasda do na constabail a fhuair e dol dùth do'n phàisde, oir chuireadh an cù draoin air is dh' eireadh fhionna a h-uile uair a dh' fheuchadh iad ri breith air a' phàisde, ach mu dheireadh thuig e nach ann a dheanamh cron air a thàinig iad. Bha am balach air a lathadh leis an fhuachd, fada gun bhiadh is sgith le caoineadh, is thugadh a steach e do'n ospadal

ann an Hull. Ach cha dealaicheadh an cùris ; shuidh e air an fheur air beulaobh an doruis is cha rachadh e dhachaidh. Bha e an sin gus an deachaidh am balach na b' fhearr, an dorsair agus na banaltruman òga a' toirt bidh dha."

### Na h-Eirionnaich

Tha e air a ràdh [gur e "fuil" agus "cainnt" an dà bhann is làidire air an t-saoghal ; gur e na bannan sin a tha a' ceangal riogachdan ri chéile, agus nach 'eil riogachd air bith fior dhiongmholta mur bheil an sluagh de 'n aon stoc agus an aon fhuil anna, agus mur bheil an aon chainnt aca. Ma's fior na tha luchd-eachdraidh ag ràdh tha an dà bhann làdir sin eadar na Gàidheil agus na h-Eirionnaich, ach ma tha, chan 'eil gaol eatorra is cha toigh leò a chéile idir. Ann an ceàrn air bith de'n Ghàidhealtachd chan 'eil agad ach a ràdh mu dhuine, "Nach e 'n t-Eirionnach e !" is tuigear gu maith ciod a tha thu a' ciallachadh.

Tha e cho soilleir gu bheil càirdeas-eainnte eadar na Gàidheil agus na h-Eirionnaich 's nach ruigear a leas an còrr a ràdh uime, ach gu cead an luchd-eachdraidh, theirinn-sa nach 'eil e idir cho soilleir gu bheil càirdeas-fala eatorra. Ma bha e riamh ann, tha e an diugh cho fad a mach 's nach 'eil aobhar air bith a bhi 'g a aideachadh, no 'g a chumail suas.

Tha e duilich a ràdh an diugh ciod an fhuil a tha ann an duine air bith, oir chan fhaighearn stoc glan ach glé annamh, ach tha seòrsa dhaoine ann an Eirinn aig a bheil Gàidhlig a tha cho tur dhealaichte bho ar daoine-ne, 'n an coslas agus 'n an gné, 's gu bheil mi einteach nach 'eil braon d' ar fuil anna.

Tha 'n fhuil blàth ; am bitheantas aithnidh tu duine d' ad dhaoine ged a thachradh sibh air a chéile ann an àite anns nach biadh dùil agad ris, ach ged a thachair iomadh Eirionnach orm-sa 'n am bheatha cha do thachair fear dhiubh riamh orm ris an do theòidh mo chridhe air a' cheud shealladh, no m' an abrainn, le seal tuinn air a shùil agus air a choslas agus air a ghluasad, "Sin fear d' am dhaoine."

Chan ann mar sin a tha a thaobh mo dhaoine féin, Gàidheil na h-Alba. Tha mo thigh dlùth do'n Rathad mhór a tha eadar Peart agus Inbhir-nis, agus is annamh là 's a' bhliadhna nach bi coisichean a tha aeraach agus sgith le 'n turus a' tadhall aig an dorus, ag iarraidh greim bìdh agus àite anns an cuir iad seachad

an oidhche. O'n taobh a muigh tha iad uile car coltach ri chéile ; an aon seòrsa aodaich, an aon seòrsa bhròg gun sàiltean, an aon seòrsa neapaicin mu'n amhaich, an aon seòrsa pasgair air an druim, agus an aon cheum trom sgith aca, ach ma thachras gur e Gàidheal a thig a dh' ionnsuidh an doruis, agus air nairean tha iad ann, innsidh ni-eigin 'n am fhuil dhomh gur ann d' am dhaoine e, eadhon m' an aithnich mo shùl no mo chluas gur h-ann. Thug mi an aire dha so fishead uair, agus air an láimh eile, ma thachras nach 'eil taobh idir no faidhidh idir agam ris an duine, faodaidh mi a bhi einteach gur e Eirionnach a tha ann.

Gineal an déidh gineil tha trusdaireachd ann an seòrsa Eirionnach a chuireas goirisinn air feòil Gàidheil. Eadhon ann an làithean na *Land League* anns a' Ghàidhealtachd, an uair a bha daoine gu maith teth agus còmhstiri làdir eadar tuath agus tighearnan, cha robb aon tighearn-fearainn air an robh eagal a bheatha. Bha fhios aca nach ruigeadh iad a leas a chiomh gu robh iad am measg dhaoine criosdail agus dhaoine cneasda anns nach robh droch fhuil. Is maith an comharradh e air uaisle agus ceartas agus caomhalachd an t-sluagh nach robh fiu aon duine air a mhort no air a bheuanachadh anns a' Ghàidhealtachd an làithean teth na *Land League*.

Cha b' ann mar sin a bha na h-Eirionnaich. Mhortadh iad duine gun chothrom a thoirt dha e féin a dhion ; loisgeadh iad urchair o chùl garraidh air duine a theicheadh iad roimhe air an raon lom, is dheanadh iad beubanachd air aimmhidhean a chuireadh uamhas air na deamhain fhéin. Bha an trusdaireachd sin air a dheanamh anns an uaigneas agus anns an dorchadas anns am bi gealtairean a' gluasad.

Their cuid de dhaoine gur e Eaglais agus Creideamh a rinn uiread dealachaídh eadar Gàidheil agus Eirionnaich, ach chan 'eil mi an dùil gu bheil sin fior. Tha Pàpanach anns a' Ghàidhealtachd mar tha ann an Eirinn, ach tha iad de aon stoc ris a' chuid eile de'n t-sluagh ; tha an aon fhuil anna ris na Pròs-tanaich, agus chan 'eil mùghadh air bith eadar iad agus Gàidheil eile anns na nithean so air a bheil mi a' bruidhinn. Chan 'eil Pàpanach an Albainn a chuireadh an gunna riut gun fhios duit.

Chan 'eil sin air a dheanamh ach le daoine anns a bheil droch fhuil gu nàdurra, ful nach 'eil anns a' Ghàidhealtachd idir.

\* \* \* \* \*

**N**A raointean threabh is chuir sinn,  
Le siol ro phriseil caoin ;  
Ach thàinig dealt is dh' fhàs e,  
O Dhia tha gràsmhor caomh.

\* \* \* \* \*

'S a gheamhradh bheir e sneachda,  
'S 'na àm an samhradh blàth ;  
Le osaig chiuin is grian-gheal,  
Is frasan cùbhraidh tlath.



## Seachduin na Ceusa

"O sibhse uile tha a' gabhail an rathaid, amhairicibh agus faicibh am bheil bròn sam bith cosmhul ri mo bhròn-sa."—TUIREADH IEREMIAH i. 12.

"Pill, o m' anam, gu d' shuaimhneas."—PSALM CXVI. 7.

**U**AIR a dh' fhaighnich an duine caomh, agus an duine diadhaidh, ris an abradh iad Rabbi Duncan, de chaileig bhig a bha anns an Sgiobull, "C'aite a bheil sibh a' leughadh anns a' Bhiobull an dràsd," fhreagair a' chaileag, "Tha sinn a' leughadh far a bheil e air innseadh mu na nithean a thachair do Iosa Criod air an t-seachduin mu dheireadh d'a bheatha."

"O, Bhrònag," arsa Rabbi Duncan, "b' e sin seachduin nach fhacas a leithid air thalamh riamh, agus nach fhiaicear a leithid gu bràth," agus an sin dhìchuidhniche gù buileach a' chaileag ris an robh e a' bruidhinn agus gach ni eile a bhuineadh do'n t-saoghal so, is thòisich e air bruidhinn ris féin mu dhùiomhaireachd na diadhaidheadh.

\* \* \* \* \*

Aig an àm so de'n bhliadhna tha an eaglais a' cur impidh air a sluagh, iad a chuimhneachadh nan nithean a dh' fhuling Criod air an sgàth air a' chrann-cheusaidh agus na nithean a thachair air maduinn na h-aiseirigh.

Cuidich leinn, a Thighearn, iùine a ghabhail air gach là de'n t-seachduin so gu bhi a' dol air ar glàinean ad làthair chum moladh agus buidheachas a thabhairt dhuit air son fulangas agus bàs ar Slànuigheir a thug beatha agus neo-bhàsmhorachd gu solus le cumhachd 'aiseirigh. AMEN.

\* \* \* \* \*

## Sabaid an Iolaich

(Air an là so mharcaich e a steach do'n bhaile naomh)

Feuch, tha do Righ a' teachd ad ionnsuidh gu ciùin agus e 'n a shuidhe air asail.—MATA XXI. 5.

Hosanna do mhac Dhaibhidh ; beannaichte gu robh an Ti a thig ann an ainnm an Tighearna ; hosanna anns na h-àrdaibh.—MATA XXI. 9.

Na'm b' aithne dhuit, eadhon dhuitse, na nithean a bhuineas do d' shìth ! ach a nis tha iad folaithe o d' shùilibh.—LUCAS XIX. 42.

Bheir sinn, a Righ 's a Shànuigheir,  
Dhuit clùi is glòr, gach linn.  
Mar sheinn o shean a' chlann dhuit  
Gu h-ait hosanna binn.

Is tu Ard-uach'dran Israel,  
Mac rioghail Dhaibhidh mhóir,  
Tha teachd an ainnm an Tighearn—  
Aon bheannaicht ! "Righ na Glòr !"

*A Thighearn Iosa, a ghUIL os cionn a' bhaile a bha làn de dhaoine a bha dall gu spioradail, agus gun fhios aca gu robh iad dall, na leig leinn a bhi g ar mealladh fèin, ach fosgail ar stilean agus fosgail ar cridheachan a chum agus gu'n gabh sinn riut-sa a tha an diugh a' labhairt ruinн agus an ainnm an Tighearna, mar ar Righ agus ar Slànuigheir. AMEN.*

\* \* \* \* \*

## Di-luain roimh 'n Chàisg

(B'e so an là air an d' iomain e an luchd-malairt a mach as an teampull)

Chaidh Iosa a steach do'n teampull, agus thòisich e air an dream a bha a' reic agus a' ceannach 's an teampull a chur a mach.—MARC. XI. 15.

Goirear tigh ùrnuigh de m' thigh-sa ; ach rinn sibhse 'n a għaraidh luchd-reubann e.—MATA XXI. 13.

Tha teampull Dhe naomh, agus is sibhse e.—1 CORINT. III. 17.

Thigibh, is rachamaid gu Dia,  
le cridhe tiāmhaidh bròin ;  
Ged pheacach sinn ni esan iochd  
air anmaibh briste leòint'.

*A Thighearn Iosa, a chuir a mach á teampull t' athar an dream a bha 'g a mhì-naomhachadh, agus a theagaig dhuinn le focal an abstoil gur e ar cridheachan-ne teampull an Athar mar an ceudna, cuir a mach as ar cridheachan na h-aighean agus na nithean peacach a tha toirt oilbheim d' ad shiùl naoimh, chum 's gu'm bi sinn glan 'n ar cridhe ; iriosal, agus stuama, agus blàth-chridheach. Cuir a mach as ar cridheachan spiorad na marsantachd agus gaol buannachd air eagal gu'n saoil sinn gur mò am biadh na bheatha, agus gu'm bi ro-chùram oirnn mu nithean nach mair ach seal. AMEN.*

\* \* \* \* \*

## Di-màirt roimh 'n Chàisg

(An là a theagaig e le cosmhàlachdan sòluimte)

Dh' iarr na h-àrd shagartan agus na sgrìobh-aichean cionnus a ghilacadh iad e le foill, agus a chuireadadh iad gu bàs e.—MARC. XIV. 1.

Ach an uair bu mhiant leò breith air, bha eagal a' phobuill orra, oir bha meas fàidh aca air.—MATA XXI. 46.

Is an-aoibhinn do'n duine sin le 'm brathar Mac an duine.—MATA xxvi. 24.

A Dhe, na bi-sa fada bhuam  
oir's dlith dhomh trioblaid theann;  
'S gun agam neach gu m' chuideachadh,  
no aon a chuireas leam.

Do chuairtich umam móran tharbh,  
mu m' thimchioll air gach làimh;  
Dh' iadum umam tairbh ro-ládir bhorb  
am Basan bha 'n an támh.

Mar uisge dhòirteadh mise mach,  
mo chinnaman sgàint' o chéil';  
Mo chridh' am chom an taobh a stigh,  
air leaghadh ta mar chéir.

*A Thighearn Iosa, a labhair air co-ainm an là so, cosmhalaichdan a tha tort breith air an eaglais agus air an t-saoghal, cuideach leinn a bhi furachail agus faicilleach ann an seirbhis do rioghachd, air eagal gu'n tòisich breitheanus aig ar tigh-ne, agus cuideach leinn a bhi dileas do Chríosd agus d'a eaglais, chum gu'm bi dòchas againn aig uair ar bàis, gu'n gabhar a steach sinn do àitibh-còmhnuidh maille riutsa. AMEN.*

\* \* \* \* \*

### Di-ciadaoin roimh 'n Chàisg

(Dh' fhan e ann am Betani; an là a chaidh Iudas a dh' ionnsuidh nan sagartan 'g a bhrath)

Ghabh iad comhairle le chéile chum Iosa a ghlaicadh le feall, agus a chur gu bàs.—MATA xxvi. 4.

B' aithne do Iudas an t-aite, oir thàinig Iosa gu tric an sin maille r'a dheisciobuil.—Eoin xviii. 2.

Agus thubhaint Iosa ris, Iudais, am bheil thu le pòig a' brath Mhic an duine?—LUCAS xxii. 48.

Tha an cridhe cealgach thar nan uile nithean.—IEREMIAH xviii. 9.

'Se fulangas mo Shlùnnigheir  
A bhios mo dhàrn a' luaidh;  
Mór-irioslachd an Ard-righ sin  
'N a bheireach 's 'n a bhàs ro chruaiddh;  
'S e 'n t-ióngantas bu mhìorbhuihlích'  
Chaidh innseadh riannam do shluagh,  
An Dia bha ann o shiùrruidheachd  
Bhi fás 'n a chiochran truagh.

*A Thighearn Iosa, a chuir seachad co-ainm an là so ann an sàmhchair Bhetani, ag ullachadh t' anama, ann an co-chomunn an Athar, air son an fhlangais agus a' bhròin a bha a' feitheamh ort, cuideach leinn cùisean an t-saoghal a leigeil seachad car greis agus ar cridheachan a shocruchadh air na nithean a dh' fhuiliug thusa air an t-slighe gu Calbhari, ceum air cheum, chun bòrni diadhaidh air a dhùsgadh annainn air son ar peacanna a thoill mallachd Dhe. AMEN.*

\* \* \* \* \*

### Di-ardacain roimh 'n Chàisg

(Chaidh Iosa o Bhetani do Ierusalem; anns an fheasgar, anns an t-seòmar uachdrach,

nigh e casan nan deisciobul, is chuir e air chois Sacramaid na Suipearach, agus air dhaibh laoidh a sheinn, chaidh iad a mach gu sliabh nan crann-olaids, far an do ghealachd Iosa, anns an dorchadas, ri Dia).

Le mórtoghrogradh mhiannaich mi a' chàisg so itheadh maille ribh roimh dhomh fulang.—LUCAS xxii. 15.

Dheanaibh-se so mar chuimhneachan orm-sa : Aithne ar Tighearna.

Is mise an t-aran beò a thàinig a nuas o nèamh.—EOIN vi. 51.

A Thighearna, thoir dhuinn an t-aran so an còmhnuidh.—EOIN vi. 34.

Mo chorpsa briste, amhul so,  
feuch bheir mi dhùibh gu saor,  
Oir air bhur son-sa bhriseadh e  
's air son a' chinne-daona'.

Glacaibh is ithibh uime sin,  
is cuimhnichibh mo bhàs,  
Gach uair a ni sibh 'n obair cheudn  
'na dhéidh so gu là bhràth.

Cupan na slàinte glacar leam,  
air ainm Dhe gaireamh fein,  
Locam mo bhòid do Dha, a nis  
an làth'r a shluagh gu leir.

*A Thighearn Iosa, a dh' iarr air na deisciobuil fantuinn maille riut, agus faire a dheanamh maille riut, ann an gàrradh Ghetsmani, cuideach leinn a h-uile là faire agus ùrnauig a dheanamh air eagal gu'n tuig sinn ann am buaireadh, ach cuideach leinn an diugh gu sònruichte annhuinneachd ar fèòla a smachdachadh, chum agus nach aom cadal no suain oirnn am feadh 'sa bhitheas sinn a' cuimhneachadh air a' chupan shearbh a dh' ol-thu air ghaol sinne a shaoradh. AMEN.*

\* \* \* \* \*

### Di-hacine na Ceusa

(Aig naoi uairean 's a' mhàduinn bha Iosa air a cheusadh, ach bha an anail ann gu trè uairean a dh' fheasgar, an uair a thug e suas a spiorad).

A nis o'n t-séathamh uair bha dorchadas air an tir uile gus an naoitheamh uair, agus mu thimchioll na naoitheamh uaire dh' éighe Iosa le guth ard, Mo Dhia, mo Dhia, car son a thréig thu mi?—MATA xxvii. 45-6.

Bha e air àireamh am measg nan ciontach, agus thug iadsan a bha dol seachad ana-caimnt dha, a' crathadh an cinn, agus ag ràdh, Fòir ort fein, agus thig a nuas o'n chrann-cheusaidh. Agus mar an ceudna thubhaint na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean ri chéile, a' fanoid air, Shaor e daoine eile, chan 'eil e comasach air e fein a shaoradh.—MAR. xv. 29-31.

An sin thubhaint Iosa, Athair, thoir maith-

eanas dhaibh, oir chan 'eil fhiös aca ciod a tha iad a' deanamh.—LUCAS xxiv. 34.

Thubhairt Iosa, Tha e croichnaichte, agus air cromadh a chinn dha, thug e suas a spiorad.—EOIN xix. 30.

Chaidh daoine dall is ceannaireach  
Air seachran truagh, mar threud,  
Ach ghiùlain Criosd ar n-easaontas,  
is dhòl ar n-uile bheud.

Fo bhullibh trom ar smachdachaíd, feuch, giùlan caomh Mhic Dhe !  
Mar uan a' chasgraidh, is amhluidh sin,  
cha d' fhosgail e a bheul.

Feuch ! Iosa ceusda air a' chrann !  
's a cheann a' lubadh nuas,  
Fhuil chraobhach o gach creuchd a' ruith,  
is cruiteachd báis 'n a ghruaidh.

" Tha 'n obair croichnaicht' "—bhàsaich Criosd  
air son a' chinne-daonn'  
Lom-fluasgladh thug e dhuinn o'n bhàs ;  
o chumhachd Shatain shaor.

*A Thighearn Iosa, ann an solus a' chroinn-cheusaidh tha sinn a' faicinn gràinealachd uamhasach a' pheacaíd, ach ann an solus a' chroinn-cheusaidh tha sinn a' faicinn do thròcair iongantach mar an ceudna. Dean tròcair oirnn, a Dhìa nan gràs ; agus cuidich leinn tròcair a nochdadh, mar tha sinn a' faotainn tròcair bhuithe-se. Ann an strì ar beatha, agus aig uair ar bàis, agus ann an là a bhreitheanais, a Thighearna, cuimhnich tròcair. AMEN.*

\* \* \* \* \*

### Di-Dòmhnaich Càsg

(*Air maduinn na h-aiseirigh, dh' éirich ar Tighearn ann an cumhachd na beatha shiorruidh a bha, agus a tha, agus a bhithreas ann gu bràth.*)

Na bitheadh eagal oirbh ; tha sibh ag iarr-aidh Iosa o Nasaret, a cheusadh ; dh' éirich e.—MARC. xvi. 6.

Dh' éirich an Tighearna da-rìreadh.—LUCAS xxiv. 34.

Agus air teachd do'n fheasgar, agus na dorsan dùinte, far an robh na deisciobuil cruinn air eagal nan Iudhach, thàinig Iosa agus sheas e's a' mheadhon, agus thubhairt e riu, Sith duibh.—EOIN xx. 19.

Gu ma beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearn Iosa Criosd, a dh' ath-ghin sinne gu beò-dhòchas, tre aiseirigh Iosa Criosd o na mairbh.—1 PEADAR i. 3.

Fàilte do'n là 's an d' éirich Criosd, le cumhachd nios o'n uaigh ; 'S an d' fhuaire air gach uile lànmh, air ifreann 's bàs làn bhuaidh.

Do t' ainm ro àrd, a Thriath nam buadh, gach uair bheir sinne clù ; 'S le 'r n-aít-hosanna fàiltichidh an là 's an d' éirich thu.

Ceud fàilt ort, a mhaduinn, A mhaduinn an àigh ; Chaomh mhaduinn gun ghruaimean Gun smalan gun bhruaillean ; Ghlan-rosgaibh gun smuairean, Làn uaisle is gràidh ; Dùisg aoibhneas neo-thruaillidh, Mhaireas buan gu bràth.

Dhaibh innis gu'm fac' thu Sàr-ghaisgeach nam buadh, A' mosgladh 's a' dùsgadh O'n chadal bu chiùin' ; Mar mhaduinn, a ghnùis-gheal, Gun smùirean, gun ghrainneadh Gu'n chreachadh 's gu'n spùinneadh An uir leis 's an uaigh.

*A Thighearn Iosa, a thug dearbhachd dhaibhsan aig an robh gràdh dhuit nach robh cumhachd aig a' bhàs thairis ort, meudaich ar creideamh agus ar gràdh chum 's gu'm bi dearbhachd làidir agus shona againn gu bheil thusa a ghnàth maille ruin, agus nach 'eil cumhachd air bith anns an t-saoghal a tha comasach air a' ghnè-beatha a tha annad, agus a tha thu a' comh-phàirteachadh ri do shluagh, a mhùchadh no mharbhadh. AMEN.*

## Anns a' Chathair

AN uair a bha mi 'n am fhear-cuideachaidh Ann an eaglais an Dum-éideann, an làithean m' òige, bhithinn a' tadhall air a h-uile teaghlach ann an oisean sònruichte de'n sgìreachd ; sràid bhochd anns an robh na daoine cho lionmhor ris na coineanan. Bha suas ri fishead dorus air an staidhir anns a h-uile *clobhsa*, is bha cuid de na *clobhsaichean* cho dubh dorcha 's gu'm feumainn a bhi lasadh mhaidseachan a' dol suas an staidhir.

Bha a' chuid mhór de na tighean làn cloinne, ach an sud agus an so bha tighean—mar bu trice aon seòmar—anns an robh seann daoine a' fuireach leò féin. Sin na daoine a b' fheàrr

leam a bhi tadhall orra, oir rachadh againn am bitheantas air seanchas réidh is seanchas túrail a dheanamh ri chéile, rud nach 'eil furasd a dheanamh ann an tigh far nach 'eil smachd air a' chloinn. Ged tha clann laghach ana-barrach laghach, chan 'eil ann an cloinn gun smachd ach Sàtain bheaga a dh' fhàsas na's miomhale na tha iad gu nàdurra mà gheibh iad cothrom air am párantan a nàrachadh. Sin am peanas a tha aig párantan gun sgòinn ri fhulang air son an toil féin a thoirt do chloinn, agus an togail gun smachd ; nàraichidh iad iad am fianuis dhaoine.

Bha iomadh sedrsa de sheann daoine ònrachd-

ach air na staidhrichean ud, ach ged nach 'eil ònrachdas 'na uallach do chuid, tha e 'n a éire thruim do fheadhainn eile; ònrachdas agus seann aois. Ged dh' fhaodas móran de chàirdean furanach a bhi aig seann daoine tha iad de ghineal eile, is chan 'eil e idir furasda co-chomunn dlùth a bhi eadar sean agus òg. Ach cha robh càirdean idir aig a' chuid mhór de na seann daoine ud; bha iad cho lom de chuideachd 's a bha iad lom de chuid.

### Dà phiuthair

Ann an seòmar beag bha dà sheana bhoirionnach a' fuireach còmhla, peathraichean a bha uaireigin air an deagh dhòigh, ach a bha air am fagail 'n an seann aois gun daoine, gun dealbh. Bha iad le chéile pòsda, ach shiubhail na fir agus na bha aca de chloinn, is bha iad a nis a' criochnachadh an làithean còmhla, direach mar thòisich iad còmhla ann an tigh an athar.

Ach cha bhiodh iad aon mhionaid réidh ri chéile; bha cràmhan cogaidh a' dol air aghaidh eatorra gun sgor, is shaoleadh tu nach b' urrainn do dhithis air bith a bha cho neo-choltach ri chéile ris an dà phiuthair ud fuireach còmhla ann an sìth. Ach air dhòigh air chor-eigin bha iad a' cur suas le chéile, is tha mi an dùil gu robh an connsachadh a bhiodh iad a' deanamh 'n a aotrumachadh dhaibh 'n an ònrachdas an àite a bhi 'g an deanamh mi-shona.

Bha té de na peathraichean ud anabarrach croasd, Anna; boirionnach àrd caol air an robh a' choslas gu robh i aon uair dreachmhor, ach a bha nis air a gean agus a bòidhchead a chall le a droch nàdur fèin agus le trioblaidean an t-saoghal. Chan e an aon bhuaidh a tha aig trioblaid air a h-uile duine; ni trioblaid cuid na 's fhèarr, ach ni i cuid eile na 's miosa. Theagamh nach robh nàdur Anna maith o thoiseach, ach rinn i droch phòsad 'n a caileig òig, is chuir am pòsad sin teine 'n a stùl agus 'n a teangaidh nach d' fhág iad riamh tulleadh.

Bha Iseabal réidh riaraichte; glagaid chòir a rinn pòsad a cheart cho dona ri Anna, ach a thaobh 's gu robh i ìosaidh-òsaidh 'n a nàdur cha do chuir am pòsad sios no suas i. An uair a shiubhail an duine—duine nach robh idir laghach rithe—is e na thubhairt i, "Tha mi cinnteach gu robh esan cho toileach falbh bhuam 's a bha mise gu'm falbhadh e, ach ole 's 'g an robh e, bithidh mi 'g a ionndrann." Cha robh uiread bruidhne aig Iseabal idir 's a bha aig Anna; am bitheantas leigeadh i leis an t-seanchas uile a bhi eadar Anna agus mi fhéin, ach a mhàin gu'n cuireadh i a steach facal réidh agus ciùin an dràsd 's a ris, mar gu'm biodh i a' gabhail lethsgaул a peatagar air son a bhi cho guineach.

### Cuireadh fuar

A' cheud uair a' chaidh mi a dh' ionnsuidh an doruis is e Anna a thàinig thuige. Cha bhiodh e fior a ràdh gu'n do rinn i mo bheatha, ach co dhui an déidh dhi ruith d'a teangaidh a thoirt do mhiniestar agus do shagartan agus do Phairisich, thill i a steach gun an dorus a dhùnad, ag ràdh thar a gualainn, "Faodaidh tu tighinn a steach ma thogras tu, ach chan 'eil sinne 'g ad iarraigd."

Cha robh an cuireadh ro thogarrach, ach ann an leth mionaid thàinig boirionnach leathann a dh' ionnsuidh an doruis agus aoibh air a h-aodann mar gu'm biodh fiughair aice riùm, "Thig a steach, thig a steach," ars ise, "agus Anna air son seanchas a dheanamh riut is bithidh i anabarrach toilichte t' fhaicinn." (Chual i gu maith an rud a thubhairt Anna riùm).

Chaidh mi a steach is shuidh mi ann an cathair a tharruing Iseabal mu choinneamh an teine dhomh, agus i a' feuchainn cho maith 's a b' urrainn dhi ri foluch a chur air coimh-eachas a peatagar. "Tha mo phiuthar," ars' ise, "an impis dol as a rian leis an lòinidh, ach tha i cho toilichte thusa fhaicinn 's nach leig i leis an lòinidh an toileachadh sin a thoirt bhuaithe, nach 'eil, Anna?"

"Chan 'eil gu dearbh," ars' Anna, "car son a bhithinn-sa toilichte fhaicinn ?"

Ma tha thu an dùil, a leughadair, gu bheil an naidheachd so a' dol a chriochnachadh gu sona mar a bhitheas naidheachdan maithe a' criochnachadh, no gu robh Anna air a h-iompachadh, no a cridhe air a thaiseachadh, tha thu air do mhealladh. Lean mi air tadhall orra an dràsd 's a ris fad bliadhna gu leth, gus an d' fhàg mi Dùn-éideann, ach cha tâinig as ach gu'm 'b' fheudar do Iseabal barrachd bhreug innseadh, a chur foluch air droch smuaintean agus droch chainnt a peatagar, na dh' innseadh i mur bithinn a' tadhall orra idir. Air uairean bhithinn a' smuaineachadh 'n am intinn fèin gur e cron a bha mi a' deanamh, a réir choslais ag an-tromachadh cionta Iseabal laghach, is bhithinn a' smuaineachadh cuideachd ciad a their am Breitheamh Mór ris an t-seòrsa bhreug a bhiodh i a' deanamh, gus sgèimh bòidheach a chur air na rudan olc is guineach a bhiodh a piuthar ag ràdh.

### Nigheadaireachd do na naoimh

Là a bha mi ag amharec orra thubhairt mi gu'm biodh e ceart dhuinn ar càirdeas agus ar caidreamh a naomhachadh le ùrnigh a dheanamh còmhla, agus Facal an Tigearn a leughadh. Anns a' mhionaid thubhairt Anna nach robh dad aice an aghaidh a' Bhiobuill, ma 's e sin a bha mi a' ciallachadh le Facal

an Tighearn, ach nach robh i a' creidsinn ann an ùrnuigh idir. "Ach dean thusa do roghainn," thubhaint i.

Rinn mi ùrnuigh mar a b' fheàrr a b' urrainn mi, ged nach robh e furasda 'n a leithid de shuidheachadh, gu sònruichte agus mi òg agus aineolach. Cha d' thubhaint Anna diog, ach cha deachaidh i air a glùinean. Ach cho luath 's a dh' éirich Iseabal bhàrr a glùinean thòisich i air innseadh dhomh cho gaolach 's a bha Anna air an sgoil Shàbaid 'n a h-òige; nach gabhadh i cumail aisde; gu robh móran de'n Sgriobtuir aice air a meomhair, agus gu'm bu chruaidh an gnothuch nach b' urrainn dhi dol air a glùinean a nis, a chionn gu'n robh a lòinidh cho dona. Dh' innis i dhomh cho càramach 's a bha Anna, 'n a caileig, mu leabhar-laoadh a thug a h-athair dhi, agus fiann an òir air bile nan duilleagan, agus cho gaolach 's a bha i air a bhi cluinnntinn mu nèamh agus mu na naoimh ann an trusgain gheala.

"Na 'n do rinn thu uiread nigheadaireachd do na naoimh 's a rinn mise," ars' Anna riúnsa, "bhiodh fhios agad gu bheil craicinn shalach fo thrusgain gheala. Anns an t-saoghal so tha a h-uile duine air a shon féin, agus an fheadhainn a bhios a' gabbhail orra gur maith leo cor dhaoine eile a leasachadh, sin na cealgairean as miosa air fad."

Lean i oirre gus nach robh an còrr analach aice, a' cur sìos air na naoimh, agus a' cumail a mach nach robh anns a' mhòr-chuideachd de dhaoine ach meirlich agus cealgairean.

Ach rachadh aig Iseabal air mil a thoirt eadhon as na clachan a thilgeadh a piuthar air na naoimh; thubhaint i gu robh Anna cho ceart agus cho firinneach 's nach b' urrainn dhi gun fas teth a h-uile uair a chluinneadh i ionradh air olc no eucoir.

### Ministear còir

Anns na làithean ud bha mise 'n am fheareuideachaidh aig an Ollamh Raibeart Blàrach, ministear cho còir agus cho fialaidh agus cho gasda anns gach dòigh 's a bha ann an Eaglais na h-Alba. Dh' innis mi dha mu'n dà sheana bhoirionnach, is chaidh e 'g am faicinn. Chan e mhàin gu'n do thadhail e orra aon uair, ach chaidh e air ais iomadh uair eile, agus is

iomadh bonn òir a dh' fhàg e aca. Ach bha na b' fheàrr na buinn òir aig Raibeart Blàrach ri fhàgail aig seann daoine bochda; bha aoibh air aodann, agus blàths 'n a chridhe, agus dùrachd 'n a ùrnuighean, a leaghadh cridheachan cruaidh. Ach ma bha, cha d' fhuaire e riamh mar astar mullean mile do chridhe Anna. Bha dùil agam-sa gu'n deanadh ùrnuighean an t-seana mhinisteir, agus a' bhàigh nàdurra a bha 'n a chridhe r'a chochreatairean, agus am flath a bha 'n a aodann, feum do'n bhoirionnach ud nach deanadh m' ùrnuighean anabuich féin. Ach cha do rinn Mur d' fhàs i na bu chruaidhe agus na bu chrosda cha d' fhàs i dad na bu chaomhaile, co dhiu 'n a cainnt. Ach is ann do Dha is leir an cridhe, is faodaidh e bhith gu bheil flùraichean beaga bòidheach a' fàs aig bun stallachan searbhadais ann an eridheachan cui'de dhaoine.

Ach mur do rinn e maith do Anna an t-Ollamh Blàrach a bhi a' tadhall oirre thog e speuran cinn Iseabail, is bhitheadh i ag innseadh dhomh mu na nithean cràbhach agus diadhaidh a bhiodh Anna ag ràdh ris. An uair a dh' aicheadh Anna le colg agus le briathran sgaiteach magail nach d' thubhaint ise a leithid de chainnt, theireadh Iseabal riùm, "Ma dh' fhaoidhте nach d' thubhaint uile gu leir, ach tha fhios agam-sa, a ghaoil, gur e sud a bha i a' faireachduinn 'n a cridhe; tha Anna cho maith 's nach stadaradh i idir a dh' ùrnuigh, na'n leigeadh an lòinidh leatha dol air a glùinean.

\* \* \* \* \*

Dh' fhàg mise Dun-éideann; an ceann greis shiubhail an t-Ollamh Raibeart Blàrach, is chan 'eil fhios agam ciod a' chrioich a bha aig an dà sheana bhoirionnach ud. Dh' fheòrach mi umpa uair-eigin de'n mhinisteir ùr, ach cha b' aithne dha iad; theagamh gu robh iad marbh.

Cha chuireadh e ionghnadh orm, air là a bhreitheanais, guth Anna a chluinntinn, a' faotainn coire do'n Breitheamh Naomh air son na roinne a bha air a dheanamh air na caorach agus air na gabhair, eadhon ged bhiodh i féin am measg nan caorach, ach ged bhiodh Iseabal air a cur air an làimh chli tha mi cinnteach nach cluinnteadh bhuaipe gearan air a' cheartas a chuir ann i.

## Ministearan Uidhist a Tuath

**A**NNS an àireamh mu dheireadh chuir mi sìos ainmean nam ministearan a bha ann an Cill Mhoire; anns an àireamh so bu mhaith leam ainmean nam ministearan a bha ann an Truimisgearraig a chur sìos.

Bha seann eaglais Shannd air a h-ainmeachadh air Calum Cille.

1806. Uilleam Arbuckle, M.A.; bha e air a shuidheachadh mar mhissionaraidh an Sannd agus an Sollas an 1806; an ceann sheachd bliadhna chaidh e do Uidhist a Deas, agus 'na dhéidh sin do Chill Mhoire, ach cha ruigear a leas an còrr a ràdh nime, oir bha e air ainmeachadh anns an àireamh mu dheireadh.

1815. Fionnladh Mac Rath, M.A.; bha e air a shuidheachadh mar mhissionaraidh an 1815, ach an ceann trì bliadhna chaidh e do Chill Mhoire. Bha cunntas air anns an àireamh mu dheireadh 1819.

Iain Lees, M.A.; Leòdhasach a rugadh ann an Steòrnabhagh; bha e air a shuidheachadh an Sannd mar mhissionaraidh, ach chaidh e do Chàirinnuis an 1822. 'Na dhéidh sin bha e 'na mhaighstir-sgoil an Lunnainn, ach thàinig e air ais do Steòrnabhagh an 1844, far an robh e air a shuidheachadh mar mhinisteen. Phòs e nighean do Chaitpean Ailean Camshron, an Loch-na-madadh, a bha 'na bhàlidh aig a' Mhorair Dhòmhnullach an Uidhist a Tuath. Bha triùir mhac aige, fear dhiubh Seumas, Sir Seumas Camshron Lees, K.C.V.D., D.D., LL.D., a bha ann an Eaglais Ard, Dhùn-Éideann, aon de na ministearan a b' urramaiche an Albainn 'n a linn.

1824. Uilleam Mac Cuinn; mac do Sheumas Mac Cuinn a bha 'n a mhinisteen do Cill Mhoire. Shiubhail e gu maith òg an 1834.

1835. Tormod Mac Leoid; Sgitheanach a bha air oilleanachadh an Oil-thigh Għlaschu. Bha e greis 'na mhissionaraidh am Bail-ant-salainn m' an deachaidh e do Thruimisgearaidh. Chaidh e leis an Eaglais Shaoir an 1843. Phòs e nighean do'n Dotair Bhàn, a bha 'na bhàlidh aig a' Mhorair Dhòmhnullach anns an eilean Sgitheanach, is bha teaghlach mór aige, seisear mhac agus còignear nighean. Fhuair cuid dhiubh air an aghaidh gu maith anns an t-saoghal, is chùm iad cuimhne air làithean an òige an Uidhist, agus air seann èolaich.

1844. Dòmhnull Dòmhnullach; bha e an toiseach 'n a mhissionaraidh am Beinn-na-faoghla; air a shuidheachadh an Truimisgearaidh an 1844, ach chaidh e do sgìr Allmhaigh am Bàideanach, an 1854, far an do chaochail e an 1879.

1855. Iain Alasdair Mac Rath; Uidhisteach a rugadh ann an Bhàlaigh; an 1859 chaidh e do Chill Mhoire.

1859. Dòmhnull Dòmhnullach; rugadh an Uidhist e; air oilleanachadh an Dùn-éideann; chaidh e an sin do Chanada far an robh e greis os cionn coimhthionail; á Canada thàinig e do Thruimisgearaidh far an d' fhan e ceithir bliadhna; chaidh e do Shleite an 1863, ach sia bliadhna 'n a dhéidh sin chaidh e air ais do Chanada. Bha e pòsda, is bha triùr chloinne aige.

1864. Niall Iain Mac Guaire; mac maighstir-sgoile a rugadh an Uidhist-a-Deas; bha e greis an Cáirinnis m' an deachaidh e do Thruimisgearaidh; shiubhail e an 1868.

1869. Dòmhnull Mac Gill Eathain; Tiriseach, an aon Tiriseach a b' aithne dhomhriamh a bhi air oilleanachadh an Obar-Dhean-

thain; á Truimisgearraidh chaidh e do Cholbhasa, agus á Colbhasa do na Hearadh, far an robh e gu 1909.

1873. Uilleam Mac-an-tòisich, M.A.; mac maighstir-sgoile an Diùrinnis anns an eilean Sgitheanach; air oilleanachadh an Cill-Rimhinn; air a shuidheachadh an Truimisgearraidh an 1873. An 1877 chaidh e do Sgibinnis, an Cinn-tire, agus á Sgibinnis chaidh e do Thòrasaidh, am Muile, far an do chroichnaich e a mhiniestrealachd 'n a sheann duine o chionn beagan bhliadhna. Fad uine mhòr bha e 'n a chléireach aig Cléir Mhule.

1878. Uisdean Dòmhnullach; bhuiineadh e do Bheinn-na-faoghla; bha e greis 'n a mhaighstir-sgoile am Barraidh, m' an deachaidh e do Loch Baoghasdail 'n a mhissionaraidh. Bha e air a shuidheachadh am Beàrnaraidh an 1852, agus an Truimisgearraidh an 1878, far an do shiubhail e an 1888.

1888. Fearchar Mac Rath, M.A.; rugadh e an Cill-Mhicheil, am Banbh; bha e air oilleanachadh an Dùn-éideann; fhuair e cead-searmonachaidh bho Chlér Inbhir-pheofharan; bha e greis 'n a mhissionaraidh an Caol-Acain agus an Dun-bheagán m' an robh e air a shuidheachadh an Truimisgearraidh. A Truimisgearraidh chaidh e do Ghleann Garaidh an 1889, agus a Gleann Garaidh chaidh e do Ghleann Urchaidh, an Cléir Lathurna, an 1894, far an do shaothraich e gus an do leig e dheth uallach na sgire bho chionn beagan bhliadhna. Tha e nis a' cur seachad feasgar ciùin a làithean an Tigh-an-droma.

1890. Alasdair Grand; Leòdhasach a bha e air a shuidheachadh an Truimisgearraidh an 1890; chaidh e do Bheàrnaraidh an 1904, agus á Beàrnaraidh do sgìr Hinipol, an Tiriodh, an 1913, far an do shiubhail e tri miosan an déidh dha dol ann. Bha e pòsda, is bha ceathrar nighean aige.

1904. Tormod Laing; rugadh e an Uidhist a Tuath; bha e air a shuidheachadh an Truimisgearraidh an 1904; an 1912 chaidh e do Bharabhas, an Leòdhas; á Barabhas chaidh e do Steiseal, anns an eilean Sgitheanach, far a bheil e a nis.

1913. Iain Mac Gill Eathain; leth Thirisdeach a rugadh ann an Tobar-Mhoire; an déidh dha bhi an Oil-thigh Għlaschu chaidh e do Chanada far an d' fhuair e cead-searmonachaidh; thàinig e air ais is bha e air a shuidheachadh am Poll-iti an 1911; an 1913 chaidh e do Thruimisgearraidh; á Truimisgearraidh chaidh e do Chill-Fhinnchain, am Muile an 1914; an 1916 chaidh e do Chill Mhoire anns an eilean Sgitheanach; an 1922 chaidh e gu coimhthionail anns na h-Innsibh an Iar, ach an ceann dà bhliadhna thàinig e air ais do Shròn-ant-Sithein; á Sròn an t-sithein chaidh e do 'n Apuinn an 1927.

Bha eaglais Thruimisgearraidh falamh fad uine mhór an déidh 1914, ach bha missionearaidhean air an cumail innse.

\* \* \* \* \*

## Ministearan na h-Eaglaise Saoire agus na h-Eaglaise Saoire Aonaichte

### Uidhist a Tuath

1843. Tormod Mac Leòid; dh' fhàg e Eaglais na h-Alba an 1843, is fad beagan bhliadhnaachan bha muinntir na h-Eaglaise Saoire an Uidhist uile air a chùram, le còmh-nadh cheistearan.

Bha eaglais agus Manse air an togail an 1858, agus tigh-coinnimh an Sollas an 1893.

1884. Uilleam Mac Fhionghuin; bha an eaglais falamh tri bliadhna bho 1881 gu 1884, ach an 1884 bha Uilleam Mac Fhionghuin, Sgitheanach, air a shuidheachadh innse. Bha e am Baile-a-Chaorais m' an deachaidh e a dh' Uidhist; á Uidhist chaidh e do Ghleann Moireasdan an 1891, agus á Gleann Moireasdan chaidh e do Gheàrr-loch an 1894. An uair a chaidh an eaglais Shaor agus an eaglais U.P. còmhla dhealaich e riù.

1892. Iain Mac Leòid; Hearach a bha greis ann an Canada, ach bha e air a ghabhail a steach do mhinistrealachd na h-Eaglaise Saoire an 1889, agus air a shuidheachadh an Uidhist a Tuath an 1892.

1920. D. Friseal, 'na fhearr-cuideachaidh le Iain Mac Leòid.

1927. Donnchadh Mac a Phearsoin. Leig e dheth uallach na sgìre an 1934.

### Cairinnis

Bha Càirinnis agus Uidhist a Tuath 'n an aon choimhthional bho 1849 gu 1854; an 1854 bha e air a dhealachadh ri Uidhist a Tuath, agus air a chur còmhla ri Beinn-na-faoghlach agus Loch-nam-Madadh, ach an 1869 bha e air a chur air thigheadas dha féin. Bha eaglais agus Manse air an cur suas aig a' Chlachan an 1890, is tigh-coinnimh agus tigh - missionaraidh an Loch - nam - Madadh bliadhna no dhà 'n a dhéidh sin.

1869. Iain Mac Rath; bhuineadh e do Ghleann Seile; dh' fhàg e Cáirinnis an 1871 is chaidh e do Dhùirinnis anns an eilean Sgitheanach. Chaochail e an 1900.

1873. Dòmhnull Mac Gill Eathain; bha an eaglais falamh dà bhliadhna, gus an robh e air a shuidheachadh an 1873; an 1890 fhuar e fear-cuideachaidh. Chaochail e an 1892.

1893. Anndra Mac Phàrlain Mac Ailpein; bhuineadh e do Thairbeart, Chinn-tire; shiubhail e 'n a dhuine òg an 1897.

1897. Eòghan Mac Gill Iosa; bha e an Ath Tharcuil m' an deachaidh e do Chàirinnis an 1897; chaochail e ann an Echt, an 1938.

1914. Donnchadh Mac an t-Saoir; thainig e do Chàirinnis á Eadar-dha-chaolas; an 1925 dh' fhàg e Cáirinnis is chaidh e do'n Mhorairne, agus as a' Mhorairne chaidh e do Ghleann Seile an 1930.

1925. Calum Mac Gill Iosa; mac Ceisteir an Uidhist; bha e air a shuidheachadh an Allt-na-heirbhe an 1910; an Sildeag an 1919; an Diùrinnis, anns an eilean Sgitheanach, an 1921; an Cáirinnis an 1925. Chaochail e an 1933.\*

## Litir mu sgrìobhadh Gàidhlig

### URRAMAICH,

Leugh mi le deagh aire na sgrìobheadh agaibh mu litreachadh na Gàidhlig agus is maith duinn fhios a bhith againn air a' chleas a tha aig duine tha o mhios gu mòs agus o bhliadhna gu bliadhna ris an litreachadh sin. *Thuirt sibh e*, an uair a thuirt *sibh* è, nach 'eil an ceartachadh facal beag Gàidhlig an sid agus an so ach rud beag, ach gur ann a tha bhochdainn ann cho beag agus a tha dol againn air a leughadh de Ghàidhlig is fhiach a leughadh. Chan 'eil na tha mise sgrìobhadh de Ghàidhlig mór; ach tha mi a' sior-leughadh Gàidhlig, a h-uile pioc air an ruig mi an Albainn, ach dh' fhàgadh sin mi air bheagan leughaidh iùr an Gàidhlig mur b'e gu bheil mi a' sior-fhaotainn leabhrachean Gàidhlig á Eirinn, iomadh seòrsa, agus rogha agus tagha sgrìobhaidh air roinn mhaith aca. Agus tha mi a' mothachadh so, nach

'eil na sgrìobhadairean Eireannach idir a' bristeadh an eridheachan mu dé is lagh mu'n bheagan cainnte a dh' fhaodadh a bhith air a deagh sgrìobhadh an dòigh no dhà; agus rud eile mhothaich mi, gu bheil daoine a' sgrìobhadh an cuiid cainnte an Eirinn mar a tha i aca fhéin, muinntir na Mumhan mar a tha i aca mu dheas, agus muinntir an Connachtaibh mar a tha i aca an iar, agus muinntir Tir Chonaill mar a tha i mu thuath; agus cha do mhill sin iad. Tha e duilich a thuiginn ear son a thigeadh air "ceanntar" air bith aca a chaochladh a dheanamh. Agus gabhaibh mo leth-segal, ach chan 'eil mi idir riarichte gur eum gliocais e oidheir a thoirt air fior-Leódhasach a chumail ri cainnt, no ri sgrìobhadh, "Caraid nam Gaidheal," no ris an dòigh-sgrìobhaidh a bha aig an Ollamh Gilleanasbuig Mac-a-Chléirich, an Cill-mhàillidh.

Tha fhios agam gu bheil cainnt mhìn, bheag,

bhréagha, air a labhairt an caochladh àiteachan air a' Ghàidhealtachd nach 'eil daoine a sgríobhadh air son paipear no leabhar, agus eagal orra nach 'eil i "ceart," ach is i thà ceart, agus a bhà riamh ceart. Agus faodaidh mi aideachadh, mar is eòlaiche tha mi dol air dé is Gàidhlig an Eirinn gur ann is mothà mo dhearbh - bheachd gur mór a' bhochdainn dhuinne a bhith seachnad na mion-chainnt choitcheann air ghaol a bhith air ar comchumadh gu h-eigineach ris an fhior-bheagan dé nuadh rosg Gàidhlig a tha cheana clò-bhuailte's an tir so. Agus ma chaidh aig beagan dhaoine air éirigh saor as an t-saothair sin is bochd nach deanadh an t-ionlan e. Ach is beag eadhon a' cheist sin an coimeas ris a' bhochdainn is mothà buileach, gu bheil Gàidhealtachd Alba a' tuiteam na mìrean as an t-sealladh.

Bu mhath leam so a chur thugaibh á leabhar Eireannach a fhuair mi an'dé, agus a leugh mi uile an dé, "Mise agus an Connradh" a sgríobh an sàr-uasal a bha 'na Ollamh Nuadh-Ghaidhlig an Colaiste na h-Ollsgoile am Baile Átha Cliath, Dúbhghlas de h Íde, D.Litt., LL.D., M.R.I.A., agus chan 'eil beò is eòlaiche air an dearbh chuspair na e.

Cuiream dreach Albannach air.

"Na'm bu mhiann leis an uair sin litreachadh na Gàidhlige mholadh dh' fhaodadh e ràdh gu'n robh e fada na's simplidhe agus na's so-thuiginniche na a' Bhéurla, agus ficead uair na's riaghaithe.

Air mo shon fhéin feumaidh mi aideachadh gu bheil lethcheud facal, de na facail is cum-

anta 's an teangaidh, nach labhrar mar sgríobhar iad, mar *dearbhrathair, deirbhshíùr, aghaidh*, agus càch. Ach an déidh teachd a steach orra so, do dhuine, cha bhith mórán trioblaid eile air, oir labhrar na facail eile gu ire bheag mar a litrichear iad, agus bu duilich litreachadh a sholar a bhiodh cho urramach sin do'n Ghàidhlig agus a tha an litreachadh a tha againn a nis. B' e Muiris a cheud fhearr a labhair an aghaidh a' chriochnachadh a tha air briathran àraigheadh mar "árdughadh" "beannughadh" agus càch, agus tha a' chuid is mothà de sgríobhadairean 'ga leantainn a nis anns a' cheist sin. Tha mi fhéin edar dhà chomhairle co aca a sgríobhas mi "litriughadh" na "litriù!" Tha eagal orm nach bidh mise an còmhnuidh air an aon chomhairy! Tha litreachadh na Gàidhlige fada na's mi-chinntiche agus na's mi-riaghaithe a nis na bha e. An uair a bha mi òg lean mi litreachadh a' Cheitinich agus litreachadh an *Teagaisg Chriosduighe* le *Mac h Eil* agus litreachadh a' Bhòbuill, ach a nis chì mi an uidhir sin de mhodhaibh litreachaidh aig luchd sgríobhaidh an latha 'n diugh nach léur dhomh e' àite a bheil mi. Tha fhios agam fhéin nach sgríobh mi an còmhnuidh am facial ceudna air a' mhodh cheudna, agus so an t-àite ceart dhomh, theagamh, leth-sgeal a dheanamh air a shon."

Cha robh latha riamh aca an Eirinn le leabhrachaean Gàidhlig mar a tha e aca nis. Tha leabhrachaean ùra aca o sheachdain gu seachdain, agus nach maith dhaibh fhéin sin?—Mise,

CALUM MAC GILLEATHAIN, Drochaid-Chonainn.

## Ceòl a Chridhe

**C**REID mi, cha tig stoirm no gaillionn  
As an adhar, deas no tuath,  
Mar a dh' eireas anns an anam,  
'Nuaир a shéideas carraig chruaidh.

Annad féin tha 'n ceòl a għluais thu  
Air a luasgadh leis an teud;  
Gleus gu tuireadh, 's gleus gu luathghair,  
Fuahitte riut 's gach ait an téid.

Ceòl o'n d' fhuair thu gach ni luachmhor  
Ris a bheil gach buaidh an sàs;

Ceòl ad chridhe, ceòl ad chluasan  
Fad do chuairt o d' bħreith gu d' bhàs.

An ceòl as binne 's eòl do 'n filidh,  
Cha tog plob no fiodhall suas;  
An ceòl thig uairean anns a' chridhe,  
'S nach gabh liobhaint anns a' chluais.

Chaidh an ni so thar do thuig !  
Bheil thu tuigsinn ni fo 'n għréin ?  
Ciod an stéidh air an do chluich mi ?  
Chluich air t' fhaireachdañnean féin.

D. M.



## Fianuis a' Chreidmhich

LEIS AN OLLAMH CALUM MAC GILL-FHINNEIN, NACH MAIREANN

*"Tha sinn air ar turus a chum an àite mu'n dubhaint Dia, Bheir mi dhuibh e; thig thusa maille ruinn agus ni sinn maith dhuit."*—AIREAMH X. 29.

SO mar a labhair Maois ri Hobab. Bha Sfhios aige gu maith co ris a bha e a' labhairt, agus air an fheum a bha aige air an earail. Bha fhios aige air feabhas a' bhathair a bha e a' moladh, agus air an aobhar sin bha dùrachd spioradail leis an earail.

Is e sochair mhór a tha ann dò dhuine maith a bhi moladh an Tighearna do dhaoine eile. Agus ma ni e sin faodaidh e a bhi cinnteach nach bi Dia an déidh làimhe le ghràs no le bheannachd.

Is dòcha nach bi e furasd dhuit móran a ràdh chum an creideamh a mholadh do chàch. Chan 'eil fhios an urrainn duit facial idir a ràdh, ach nach maith nach e an teanga an aon bhall leis am faod duine labhairt ri cridhe agus ri coguis a cho-chreutair! Chan e mhàin nach e sin an aon dòigh, ach chan e idir an dòigh as buadhaisce air am faod duine fianuis a thogail air taobh Chriosd. Tha feum air daoine aig a bheil eòlas agus comas-labhairt, is tha iad air uairean ro-fheumail ann an sgìr, ach is feumail gu mòr daoine ciùin diadhaidh nach fosgail am beul, ach a tha gluasad cho faisg air Criosd 's gu'n can a h-uile duine, "Nach iad a tha coltach ri Criosd!"

An uair a tha duine a' moladh Chriosd le ionracas a bheatha, faodaidh tu a ràdh gur e a tha ann *searmon* air a sgeadachadh am fuil 's am feòil, a tha labhrach an clù agus an gnìomh, agus a tha a' deanamh sgeoil as ìr gach là air gràdh cruth-atharrachaidh Dhe do oighreachan ifrinn.

Ghluais trì nithean móra Maois gus an earail ghlie ud a thoirt air Hobab:

## 1. "Tha sinn air an t-slighe Cheart,"

"Tha sinn air ar turus a chum an àite m' an dubhaint Dia: 'Bheir mi dhuibh e.' Ma's maith beachd a ghabhail air slighe, bi cinnteach as a ceann-uidhe. Tha seòrsa de rathad ann ris an can na Frangaich *cul de sac*, no mar dh' fhaodamaid a chur an Gàidhlig, "màs na seic." Saoilidh mi gur e dealbh a tha 's an fhacal; tha seic an sud 'n a sineadh air an talamh agus i falamh. Tha luchag a' snotail mu beul, agus tha i a' gabhail a steach, is

uisge air a fiaclan, an dùil ri banais, ach an uair a tha *brònag* a' ruighinn màs na seice chan 'eil fo a cothrom ach tilleadh air a' chois-chéim cheudna, agus chan e beannachd a tha i toirt air a saothair. Bheil fhios a bheil daoine ann a tha triall air rathad "màs na seic?" Is iadsan a thà air an dòigh. Tha an dòchas làidir is an dùil ri fleadh is fearas-chuildeachd aig a' cheann-uidhe. Ach bidh màs na seice cho falamh dhaibhsan agus cho dionach cuideachd 's a bha e air choinnimh na luchaig, agus chan e a' ghliòr as fhearr a bhios aca tighinn air ais. Bi cinnteach as do cheann-uidhe!

Tha ròidean eile ann agus tha iad réidh còmhnràd fo'n chois, agus tlachdmhor do'n t-sùil, ach is ann a tha iad a' treòrachadh do'n mhonadh, agus a' tighinn gu erloch an àite fàsail. Faodaidh monadh a bhi breagha gu leòr, ach air cho breagha 's gu'm bi e, cha dèan duine a dhachaidh ann le dheòin. Faodaidh am monadh as breagha tionndadh gu bhi cho uamhalta fiadhaich 's nach toir am beò as ach am fiadh-bheatheach is biasdan snàigeach. Cha leòr do shlighe a bhi ruith car greis troimh dhùithaich àlainn is troimh fhearann tlachdmhor, ma 's e fàsach falamh làn ulfhartaich as ceann-uidhe dhi. Bi cinnteach á ceannuidhe as fhiach an t-saothair!

Is e a tha an so slighe a tha dèanamh ball direach air oighreachd shiortruidh: "aite mun d'thuit Dia: 'bheir mi dhuibh e.'" Chan 'eil i glé fhurasd a coiseachd: is ann àmhghaireach gu leòr a tha i glé thric. Ach ged tha sin fior chan 'eil ceum dhi nach 'eil Dia fhéin a' gabhail a' cheum-toisich, agus 'n a fhear-dion air an taobh chùil. "Oir gluaisidh an Tighearna roimhibh, agus cuairtichidh Dia Israel sibh air an taobh chùil."

Is e cheisd mhór, is a' cheud cheisd, a thaobh rathad sam bith: an e an rathad ceart—an e so an rathad ceart a dh'ionnsaigh an àite mu'n d'thuit Dia: "Bheir mi dhuibh e?" Chan e idir: A bheil e furasd no duilich—buan no goirid—cas no còmhnràd? Ma tha thu air an rathad cheart, co dhiùbh tha do cheum luath no mall, fann no suigearfach, tha h-uile ceum 'g a do thoirt na's fhaisge air ceannuidhe nan naomh.

Agus biodh fhios agad nach 'eil roghainn anns a' chuis. Chan 'eil ann ach *aon* rathad a tha treòrachadh a chum a' Bhaile Naoimh. Chuala mi searmon mór comasach aon uair air "An dà gheata dheug" a chunnaic Eoin air an Ierusalem Naomh. Thuit an searmónaiche móran a bha fior agus oideachail. Labhair e gu cothromach air cumadh a' bhaile : ceithir chearnach, agus tri geatachan air gach taobh dheth, ni tha teagasc dhuinn nach 'eil àirdé as an tig sluagh nach 'eil geatachan air a' bhaile fa'n comhair. Agus a thuilleadh air an sin, nach 'eil gnè dhuine nach fhaod a rathad a dheanamh a dh'ionnsaigh Nèimh. Tha sin uile fior agus gidheadh chan 'eil ach an *aon* rathad air an urrainn aon pheacach a shlighe dheanamh eadar Baile an Léir-sgrios agus an Ierusalem Naomh. Tha an rathad sin a' gabhail direach troimh theis - meadhon Challbhari — "slighe nuadh agus bheò." Is e Iosa Criosd an aon slighe sin, oir nach d'thuit e fhéin : "Is mise an t-slighe ?"

Chan e an aon dòigh air a bheil daoine air an dùsgadh. Smaoinich air Sacheus agus air Pòl, no air Nicodemus agus air Lidia. Cha chòrdadh iad idir mu'n dùsgadh. Ach chan ionnan dùsgadh agus a bhi anns an t-slighe. Fhuair Simon dùsgadh, ach an robh e ann an Criosd ? Ma tha neach ann an Criosd tha e anns an t-slighe : mur 'eil neach ann an Criosd chan 'eil e anns an t-slighe. Is e Criosd *an aon slighe* eadar staid peacaidh agus staid teàrnaidh. Feuch gu bheil thu air an t-slighe cheart.

## 2. "Tha sinn's a' chuideachd cheart."

"Labhair an Tighearna maith a thaobh Israel," agus cha ghabh e aithreachas as a chaoidh.

'Oir Iàacob fòs do roghnaich Dia,  
'N a thròcair mhór dha féin :  
Dha féin mar ionnhas is mar sheilbh,  
Do thagh e Israel.' (Salm 135, 4.)

Is beannaichte an sluagh a roghnaich Dia mar oighreachd dha féin. Is beannaichte a bhi dhiùbh agus 'n an cuideachd. Sud far a bheil an sluagh *sona*, agus sin air son aobhar no dhà : (1) Tha iad 'n an sluagh air leth. "Có tha cosmhail riut ?"—chan 'eil an samhuil air uachdar na talmhainn. Chan 'eil iad ann a tha cho uasal is gidheadh cho iriosal ; cho bochd is gidheadh cho saoibhir ; cho anfhann is gidheadh cho curanta.

"Tha mi bochd 's a ghnàth làn saoibhris,  
Brònach 'n a mo chonn 's làn aoibhns,  
Bacach leòinte 's mi làn choimhliont,  
Mall 's a' ruith gu teann le cabhaig :  
An seann duin' 'g am fhàgail daoibhir,  
'S e 'n duin' òg mo shaoibhreas falacht."

(2) Tha iad 'n an sluagh a chaidh a shaoradh : "O shluagh a chaidh a shaoradh leis an Tigh-earna." Tha an t-saorsa sin 'n a ni cho mór 's cho glòrmhor 's nach 'eil e an comas neach air bith cainnt a chur air. Tha siorruidheachd de shonas anns an fhacal, is nach fhuilear do Dhia an t-siorruidheachd gu léir a chum lànachd brigh an fhacail a chur an seilbh an anama, "Chan fhaca sùil, agus cha chuala cluas, agus cha d'thàinig ann an eridhe duine, na nithean a tha Dia ag ullachadh dhaibhsan aig a bheil gràdh dha." Có nach dèanadh gàirdeachas le aoibhneas air dol thar labhairt is làn de ghlòdir, 's a bhi air *àireanh* na cuideachd bheannaichte, a tha air an sloinneadh air Dia nan gràs agus a' ghràidh—*a' chuideachd as feàrr.*

## 3. "Tha Feum againn air a chéile."

"Ni sinn maith dhuit" agus "bidh tu dhuinn an àite stíleán." Tha feum aig daoine air a chéile, is an aghaidh air am t-siorruidheachd. "Ni sinn maith, dhuit," arsa Maois ri Hobab, duine tùraigl toiniseil, ach duine a bha 'n a choigreach air Dia nan gràs. Agus fhad 's a bha e 'san t-suidheachadh sin cha b'urrainn a chor air fheabhas a bhi ach truagh. An d'fhuair thu blas air milseachd a ghràis ? Feuch nach cleith thu e. An uair a fhuair thu sin fhuair thu sochair as luachmhoire na'n t-òr—sochair maith siorruidh a dheanamh do'n duine tha aineolach air Dia. Faodaidh e bhi cho ealanta easgaidh an dleasdanasan an latha ris a' chailleteanach, ach a cheart cho aineolach ris 'san treas caibdil deug thar an da fhichead a dh'fhaidhdeireachd Isaiaih. Soilleir dealrach 's mar a tha an raon sin tha e cur feum air facial seòlaidh uait. Gabh air làimh e, mar a rinn Philip air a' chailleteanach, agus their leat e gu bonn a' Chroinn-cheusaidh. As an sin théid e "air aghaidh le gàirdeachas."

Tha sinn a' cur feum cuideachd air tûr agus toinig gach Hobab a tha 'san sgìre. O, nach tigeadh iad maille ruinn ! An sin, air dhaibh iad fhéin a thoirt *air tus do'n* Tighearna, bhiodh iad dhuinne an àite stíleán—daoine 'san tûr 'san toinig air a choisrigeadh chum leas agus buannachd aobhar Dhé anns an t-saoghal. Còmhla ris gach firinn mhór spioradail a tha 'san ionradh air long-bhriseadh an Abstoil, tha firinn shonraichte anns na briathran a thuirt Pol ris a' cheannard-ceud, is e gabhail ealla ris na maraichean a' feuchainn ri goid air falbh leis a' bhàta bheag : "Mur fan iad sin 'san luing chan 'eil e an comas duibh a bhi air bhur teasairginn." Tha sinn a' cur feum air a chéile !

"Agus tarlaidh, ma théid thu maille ruinn, seadh tarlaidh, ge b'e maith a ni Dia dhuinne, gu'n dean sinne am maith ceudna dhuitse."

## Aig an Uinneig

### Aisling na Beatha

SIN an t-ainm a thug Seumas D. Mac Dhonnchaidh do leabhar a sgriobh e, leabhar a tha air a chur a mach am Beurla le beannachd an Ollaimh Ro-Urramaich, Lachlainn Mac Gill-Eathain Watt, a tha ag ràdh uime air a' chlár-thoisich, "So leabhar a thàinig a mach á eridh Gàidheil, a bha a' cuimhneachadh agus a' meòmhreachadh air na làithean a dh' aom, am feadh's a bha e a' seòladh air Seachd Cuantan an Domhain. Chuir e gaol a chridhe anns an leabhar so; leabhar a gheibh àite dha féin."

Cha bu mhisd an leabhar a bhi na bu ghiorra na tha e. An uair a tha thu ag éisdeachd ri duine ag innseadh naidheachd, is maith leat gu'n cumadh e direach air a cheum, gun tionndadh a dh' ionnsuidh na làimhe deise no na làimhe clithe, ach air uairean tha an naidheachd anns an leabhar so a' stad am meadhon a h-innsidh gus cothrom a thoirt do'n ùghdar iomradh a dheanamh air Fionn agus air Oscar agus air seann sgeulachdan eile air a bheil gaol aige. Bu mhaith leis sgeulachdan a dhaoin a chumail air chuimhne, na sgeulachdan a bha air an innseadh anns na tighean-eilidh an Rainneach agus an Gleann Liomhunn anns na seann làithean. Tha àileadh cùbhraidi nan seann làithean sin ri fhaotainn air gach duilleig de'n leabhar.

Tha naidheachd ghrinn ann, a ghabhadh deagh innseadh a dheanamh oirre, mu mhinistear òg, Ailean Mac-an-Rothaich, a rugadh anns a' Ghleann-dubh (gleann-gaoil an ùghdair), a dh' fhág eaglais a'ithrichean agus a chaidh a steach do'n eaglais Shasunnaich, air ghaol raon farsuing fhaotainn anns an oibriceadh e. Tha e air innseadh, ceum air cheum, mar chaidh dha, an soirbheachadh a bha aige an toiseach agus an àmhghar a dh' fhuling e air a' cheann mu dheireadh a chionn nach robh a theagasc no fhanuis a' freagairt air maitean agus cumhachdan an t-saoghal. Ann an naidheachd gheibhear dealbh air ionadh duine gasda; athair a' mhinisteur òig; Dòmhnull Mac Fhearghuis, maighstirsgoil a' Ghlinn Dhuibh; an t-Easbuig Allenby, a bha mar athair dha; Mairi ghaolach, nighean an Easbuig, a phòs e agus a thug e leis dhachaидh do'n Ghleann Dhubh; Ioseph Mac Dhaibhidh, saor maith agus duine neo-eisio-maileach a dh' fhág an Gleann Dubh agus a chaidh a dh' iarradh an fhortainn do mheadhon Shasuinn, far an do thachair e féin agus Ailean Mac-an-Rothaich air a chéile; Iseabal Chaim-beul, boirionnach deanadach, dileas, aig an robh teanga gheur leis am biodh i a' toirt sgràillishean searbha air leisgearan agus air daoine gun sgoinn; tha iad sin agus feadhainn

eile air an tarruing le Mghr Mac Dhonnchaidh le stíl agus le làmh choibhneil. Am measg nan naidheachdan beaga a gheibhear anns an leabhar, air am fileadh mu'n naidheachd mhór, faodaidh mi an té so innseadh. "Bha e air a ràdh anns a' Ghleann gu'm biodh am foirbheach 'a' faicinn sheallaidhean;" gu'm biodh an Diabol a' tighinn chuige, a dh' iarraidh air an tuilleadh cothroim a thoirt dha. Ach cothrom no cothrom cha tugadh am foirbheach do Shatan. Air chùl tigh an fhoirbhich bha badan coille far am biodh Satan agus e féin a' gleachd r'a chéile, agus air uairean bhiodh an gleachd cho cruaidh agus an glaodhach cho ard's gu'm biodh treabh-aiche an fhoirbhich a' cur a chinn fo'n aodach anns an leabaidh leis an eagal, gus nach mór nach biodh e air a thacadh le cion analach. Ach ged bha eridh an treabh-aiche air chrith leis an eagal bha uiread càile aige air Sàtan fhaicinn, agus cò ris a bha e coltach, 's gu'n do chuir e roimhe gu'n streapadh e do thé de na craobhan ann an dorcadh na h-oidhche a dh' fhaicinn agus a dh' éisdeachd ri Sàtan agus a mhaighstir a' dol am bad a chéile. Is ann mar sin a bha; chrup e e féin a' gnàthach casa-gòblach air meanglan làidir; an ceann greis faicear an dìthis a' teannadh dlùth air a chéile is cuinnear argumaid agus connsachadh teth eatorra. Bha iad a' sràideamachd air an ais agus air an aghaidh, a' fàs na bu teotha agus na bu teotha 'n an còmhstri, ach air dheireadh thall, 'nuair a bha an t-àm a' tarruind dlùth aig am feumadh an Diabol falbh, sheas e fo'n chraoibh anns an robh an treabh-aiche air farchluais, is thubhairt e ris an fhoirbheach le frionas agus le caise, "A dhuine dhamarra agus neo-reusonta, dhiùlt thu dhomh a h-uile ni a dh' iarr mi ort an nochd, ach m' am falbh mi thoir dhomh an t-eun a tha air spiris anns a' chraoibh so," agus e a' sineadh a chorraig air a' mheanglan a bha an treabh-aiche casa-gobhlach air. Bhrùchd fallus fuar a mach air gach pòr ann an corp an treabh-aiche; dh' fhág a thùr 's a chainnt e, is dh' fhàs e cho lag 's gur gann a b' urrainn dha greim-bàis a chumail air a' mheanglan. Ann a' chàs chruaidh anns an robh e, thòisich e air ùrmuiigh; ag ùrmuiigh nach toireadh am foirbheach thairis e do nàmhaid anama. Ach cha robh facial a' tighinn á beul am fhoirbhich. An sin thubhairt an Diabol a ris, "Tha thu a' toirt an eòin dhomh, nach 'eil!" Dhùin an treabh-aiche a shùilean, agus e a' saoilsinn gu robh e a nis ullamh, ach an uair a chual e am foirbheach ag ràdh, "Cha toir mise dhuit, a Shatain, rud air bith nach leam," ghlac e misneach is dh' fhosgail e a shùilean, is chunn-

aic e an Diabhol a' dol as an t-sealladh ann an lasair uaine, ach dh' fhàg e 'n a dhéidh aileadh prounuisc a bha eagallach."

B' fhada o chéile an togail a fhuaire Mairi Allen agus muinntir a' Ghlinne anns an d' thàinig i a chòmhnuidh, ach ma bu mhaith leat fhios a bhi agad, a leughadair, ciamar a chaighd dhise agus do Ailean am measg a dhaoine-san, chan 'eil agad ach an leabhar so a leughadh. Tha e air a chur a mach le *Williams agus Norgate*, an Lunnainn, agus a' cosd leth-ghini. Ach chuala mi gu bheil e ri bhi air a chur air a' mhargadh as ùr le Alasdair Mac Labhrainn, an Glaschu.

### Homer an Gàidhlig

Tha iomadh là o nach do leugh mise sreacht de bhàrdachd Homer, gus an d' fhuaire mi leabhar ùr bho chionn ghoirid anns a bheil an ranntachd anns an do chuir an t-Ollamh Eòghan Mac Lachlainn cuid de bhàrdachd Homer an Gàidhlig.

Tha an leabhar air a chur a mach air chosdus agus le ùghdarris Oil-thigh Obar Dheathain, le cuideachadh bho Airgiad Charnegie agus Airgiad Chatriona Nic Caoig, agus air a dheasachadh le Iain Dòmhnullach, M.A., a tha teagasc Gàidhlig anns an Oil-thigh. A thuilleadh air ochd Duain de'n Iliad aig Homer air an tionndadh gu Gàidhlig, tha a h-uile crioman eile de bhàrdachd Eòghain Mhic Lachlainn ri fhaontainn anns an leabhar so, is tha sin uile air a chur air ar beulaibh gu h-òrdail leis an fhearr-dheasachaidh, agus cunnatas air beatha agus obair Mhic Lachlainn, is mineachadh air rud no dhà air an robh mineachadh feumail. Tha aobhar aig Gàidheil aig a bheil tigh ann an litreachas an dùthcha a bhi an comain an fhir-dheasachaidh air son an leabhair so, agus an comain Oil-thigh Obar-Dheathain a chosd ris.

Bha an sgoilearachd ann an Eòghan Mac Lachlainn gu nàdurra, agus gaol air eòlas. An uair a chuimhnichear gu robh e trì bliadhna ficehead m' an deachaidh e do'n Chollaist, agus gu'n do shiubhail e m' an robh e buileach leth-cheud, agus gu'm b' fheudar dha oibreachadh gu cruaidh uile làithean a bheatha air nithean eile nach buineadh do Ghàidhlig, tha e 'n a ionghnadh gu'n deachaidh aige air na rinn e a dheanamh. Cha robh e riagh "fo shlait iaruinn ban-mhaighstir iarnaiddh na sgreatachd," mar thubhaint e féin ris an leisg.

Mur robh a' bhàrdachd cho nàdurra dha's a bha i do Dhonchadh Bàn bha caladhain aige air ranntachd; agus eadar sin agus cluas mhaith a bhi aige, agus inntinn làdir, agus eòlas air iomadh seòrsa bàrdachd, agus gu leòr de Ghàidhlig mhaith, rachadh aige air dàin agus òrain a dheanamh uair air bith a thoghradh e; dàin agus òrain a tha air uairean

ro-mhaith; air uairean eile meadhonach maith, ach nach 'eil uair air bith dona. Ann an dàin anns an lugha a bheil de "anail na beatha" tha facail agus sreathan as am faodadh bàrd air bith a bhi uasal.

Ann an ranntachd agus ann an tàthadh fhacal ri chéile bha an t-Ollamh Eòghan Mac Lachlainn 'n a dheagh fhearr-ceairde, agus b' e an ealadhain sin a bha air a làimh a thug air tòiseachadh air Homer a chur ann an deise Ghàidhealaich, ach ciod air bith a their daoine eile, chan 'eil mise a' creidsinn gu bheil deise Ghàidhealaich a' freagairt air Homer. Tha an seòrsa bàrdachd a rinn Homer car sgitheil, eadhon an Gréigis, agus na's sgitheile air fad an Gàidhlig; ma dh' éisdeas tu ri duine 'g a leughadh ficehead mionaid tuitidh tu 'n a leth-chadal, a' cluinntinn fuaim mar gu'm biodh tormain viltach gun t' inntinn a' greimeachadh air dad idir. Tha Homer ann an Gàidhlig na's ceòthaire na tha e ann an Gréigis.

Ach chan 'eil so a' ciallachadh nach do rinn Eòghan Mac Lachlainn an obair gu maith; theagamh nach deanadh duine eile i na b' fheàrr, agus tha facail agus sreathan air a feadh uile a bheir sòlas do dhuine air bith aig a bheil thachd ann an grinneas cainnte.

Lean e ris na h-ainmean a tha air na daoine anns a' Ghreibis, theagamh a chionn gu bheil iad uasal agus aithnichte do'n t-saoghal uile, ach tha "Eachann" agus "Eilidh" a cheart cho uasal ri "Hector" agus "Helen." Ach chan 'eil fhios agam car son nach do lean e ri "Achilles," oir tha "Achilles luath" na's uaisle na "an t-Aichioll corr."

Tha ainmean dhaoine agus ainmean dhiathan ann am bàrdachd Homer duilich an làimh-seachadh, ach is e na frith-fhacail leis a bheil e a' sònachadh dhaoine chum gu'n aithnich sinn iad aon de na sòlasan a tha Homer a' toirt dhuinn. So mar tha Eòghan Mac Lachlainn a' sonrachadh Helen, ribhinn "àillidh nan òr-chiabh," "Helen bu riomhach ciabh," "leug na féile," "Helen nan rosg mall," "Helen nan òr-chleachd," "Helen nam maoth-rosg tlàth," "Helen nan sùl tlàth," "Helen nan òr-chuach," "Helen an òr-chùil," agus so mar tha e a' sònachadh Hector, "Hector an t-uousal deas," "Hector nan conn," "Hector nan glonn móir," "Hector bu mhòrdach gnùis," "Hector euchdach nan ath-linn," "Hector nam beum dlùth," "Hector nan cruaidh euchd." Mar bhalla-sampuill de ranntachd an Ollaimh Mhic Lachlainn, faodaidh mi na sreathan a chur sòis air an duilleig so, anns a bheil e air innseadh mu'n tapaid uamhasaich a rinn Hector agus Aiax.

Thug Aix gu Hector leum,  
'S buailcar sad air a sgéith chruinn;  
Thoirchuir na cuilg a' chliath réidh,  
'S chuir breisleach air céill an t-suinn.

Sgrìobh thar amhaich a' ghlochd shearbh,  
 'S bhùrachd an dearg-fhùil 'n a sruth cas,  
 Ach dh' at Hector nam colg geur,  
 'S loisg an t-àrdan gu eucdh bras ;  
 Thog an fhirbhidh 'na chrom-dhòid  
 Clach dhùbh dhòbhaidh chairgneach chruaidh  
 Bhuaile e 'n t-seachd-sheicheach 's a' chléith,  
 'S chluinnnt' a' phrais gu lèin a' fuaim.  
 Thog Aixa far chluain an fhuin  
 Pluchd bu mhór-thruime 's i cruinn,  
 Shuain e, 's thig 's an speur am meall  
 Le neart uainhreacha gharbh-chuim  
 Thuirling faobh bu ghalibheach deann  
 'S bhruan i 'n sgiath 'na spealgaibh pronn  
 Reub i glùinean an t-sàr shuinn,  
 Thuit e, 's bhuaile a dhruim am fonn.

Tha mi an dùil gu'n d' fhàg am fear-deasachadh litreachadh nam falal mar a fhuaire e e, ann an tomhas mór co dhiu, aeh dh' fhaodadh e rud no dhà atharrachadh gun eagal a bhi air nach robh e ceart no suairce dha sin a dheananmh, a chionn gu robh an t-Ollamh Eòghan Mac Lachlainn 'n a dhuine ainmeil agus 'n a sgoilear maith ; *thar an àite thair', chunnaitc an àite chunnaig, ge an àite ga, c'uim an àite c'um*, agus iomadh rud beag eile de'n t-seòrsa sin.

Theagamh gu bheil cuid de sgoilearan òga an latha so an dùil nach 'eil dad aig Eòghan Mac Lachlainn ri theagast dhaibh a chionn nach b' aithne dha laghanna Ghrimm no sloinntearachd fhacal mar is aithne dhaibh féin, aeh chan 'eil sgoilear òg (no sean, dh' fhaodaingn a ràdh) anns an dùthach nach b' fhèàirridh suidhe seachd bliadhna aig casan an Ollaimh so, agus air mo shon fèin dheth, ged shuidhinn ficead bliadhna aig a chasan, bhithinn fhathast ag ionnsachadh ; chan ann ag ionnsachadh laghanna Ghrimm ach ag ionnsachadh Gàidhlig. Bha Gàidhlig mhaith aig Eòghan Mac Lachlainn, agus *barrachd dhi* na tha aig duine eile an Albann an diugh ; bha a thriù uiread fhacal 'n a chliabh na tha 'n am chliabh bochd fèin, facail nach cuala mi riagh o bheul duine eile.

Thug mi an aire gu bheil e gaolach air na facail so *biùbhaidh*, nach cuala mi riagh, agus *grìosam*, anns an t-seagh cheart, a' ciallachadh guidh no aslachadh. Ann an cuid de 'n Ghàidhealtachd cha do thuit am falal so bho a sheann inbhe fhathast, aeh ann an àitean eile tha *grìosadh* air tuiteam cho iosal 's gu bheil an neach a ghríosas a' toirt aimh Dhe an diomhanas.

### Am Braghaid Albann ainmeil

Sin an t-ainm a tha an t-Urramach Uilleam A. Mac Gill-Iosa, B.D., ministear na Ceann-mhor, a' dol a thoirt do leabhar a tha e a' dol a chur a mach gu goirid. Tha cuid de leabhraichean air an sgriobhadh mu'n Ghàidhlealtachd an diugh anns nach 'eil dad ach brochan

tana, brochan air ath-teòdhadh, aeh is e so leabhar as fhiach leabhar a ràdh ris, oir tha fìehead bliadhna agus an còrr bho thòisich Mghr Mac Gill-Iosa air cruinneachadh an éolaic a gheibhean anns an leabhar mu eachdraidh Braghaid Albann. An tùs a mhìnistrealachd anns a' Cheann-mhor bha e cho fortanach 's gu'n d' fhuair e ciste làn phaipearan mu oighreachd Braghaid Albann o'n mhìnistear a bha roimhe anns an àite, an t-Urramach J. B. Mac Coinnich ; agus mar a threòraicheas aon rud duine gu rud eile, lean e air siubhal an sud agus an so, an leabhraichean agus bho sheantas sheann daoine, gus nach 'eil an diugh duine eile air taobh seach taobh de Loch Tatha d' an aithne na enuic agus na daoine, agus eachdraidh na dùthcha, mar is aithne dha.

Chan urrainn mi innseadh ciod a' phris a bhios an leabhar, no c' uin a thig e a mach, ach leugh mi cuid de na duilleagan cheana, agus bu mhaith leam a mholadh do'n h-uile duine aig a bheil buintealas ri Braghaid Albann, no aig a bheil gaol air seann nithean agus air eachdraidh na Gàidhealtachd.

Chan 'eil dùn, no cnoc, no ceartcall-chlach ; caisteal, no clach-aoraidh, no seann chladh, eadar Fartar-chill agus Tigh-an-droma nach aithne do Mghr Mac Gill-losa ; cha mhò a tha duine de'n t-seann stoc eadar Obar Pheallaidh agus a' Chròn-làirich nach aithne dha cò iad, agus cò bhuaith a thàinig iad, agus cò d' an daoine a bha air an crochadh, no air am fuadach as an dùthach, no a shiubhail gu sèimh agus gu diadhaidh 'n an leapanna.

Bithidh rud-eigin anns an leabhar so do'n h-uile seòrsa dhaoine ; a' chuid aig a bheil iugh ann an obair na h-eaglais agus ann am beatha nan naomh gheibh iad ann eachdraidh air gach neach a shaothraich anns an t-soisgeul am Braghaid Albann o linn Chiarain agus Fhaolain gus an là an diugh, agus a' chuid aig a bheil iugh ann am beatha nam peacach gheibh iad ann eachdraidh air Caimbeulaich agus Griogaraich, agus feedhainn eile nach robh a bheag na b' fheàrr. Tha cunntas as cinntiche ann air Cloinn-an-Aba na gheibhean an àite air bith eile, agus cunntas mionaideach air Iarlachan Braghaid Albann, agus air oighreachd mhór an teaghlach ainmeil sin.

An uair a thig an leabhar so a mach tha fughair agam gu'm faigh e àite anns a' cheud sreach am measg nan sgir-eachdraidhean a tha againn an Albainn, taobh ri taobh ris an leabhar a sgrìobh Uilleam Mac Aoidh mu Urchardainn, agus leabhraichean fiachail de'n t-seòrsa sin. Mar sin tha e 'n am bheachd ionradh ceart a dheananmh air an uair a thig e a mach, mur faigh mi duin-eigin eile d'an aithne sin a dheananmh na's fheàrr na's aithne dhomh fèin.

Ach m' an críochnaich mi mo sheanchas an dràs bu mhaith leam iomradh a dheanamh air an duilleig so air comanachadh anns a' Cheann-mhor a rinn druidheadh anabarrach air Easbuig de'n eaglais Shasunnaich a bha làthair. Bha an t-seirbhis a mach air a' bhlàr.

"Bha na bùird agus na suidheachain," ars' an t-Easbuig, "a mach air a' bhlàr; an uair a dh' éireadh aon bhuidheann de'n luchd-comanachaидh o na bùird shuidheadh buidheann eile aca, agus bu shòluimte a bhi cluinniinn fonn nan salm agus torman an locha agus na h-aibhne còmhla, mar aon choisridh. Ghlac móran dhaoine cupan na slàinte; bha sìth agus riaghait agus sòluimteachd 'n an aodann agus 'n an giùlan; an uair a chluinninn na h-uiseagan a' seinn os cionn a' choimhthionail ud, agus a sheallainn air guirme għlan na speur os cionn Beinn Labhair, bha mi a' faireachduinn gu robh ainglean néimh agus spioradan nam firean a' deacdh air a' chòmhlan bheannaichte ud."

Bha companach còmhla ris an Easbuig; an uair a dh' feòraich e d'a chompanach ciod a bha esan a' saoilsinn, is e a thubhaint e, "Bha mi ann an iomadh ceàrn de'n t-saoghal; bha mi anns na h-eaglaisean as maisiche anns an Eadailt; chunnaic mi an aifrionn air a taigtsinn le maithean na h-eaglais Phàpanaich ann an ionadan ainmeil agus naomh, ach chan fhaca mi riamh sealladh cho sòluimte no cho druidh teach's a chunnaic sinn an diugh." Ann's a' Cheann-mhor an 1815 bha 919 de luchd-comanachaидh; an 1820 bha 813 ann; an 1825 bha 686 ann; an 1830 bha 648 ann; an 1835 bha 412 ann; an 1842 bha 323 ann.

An diugh chan 'eil ann ach 136. Sin mar tha an dùthaich a' dol fàs, le cionn thighean, le bochdaimn nan uachdaran, agus le mi-sgoinn luchd-riaghlaidh agus a' phobuill.

*Mo thruaighe 'n tir 's an cinn na daoine gann  
Ged's maith an t-òr, is suarrach òr seach clann.*

### Baintighearn Ormadail

Bha an àireamh mu dheireadh an clòdh m' an cuala mi mu bhàs na Baintighearn uasail so, ach cha bu mhaith leam gun iomradh agus caidh a bhi air a dheanamh anns na duill-eagan so air boirinnach maith aig an robh iùigh mhór anns an dà ni shòrnruichte as mathair-aobhair do na duilleagan so idir, obair na h-eaglais agus maith na Gàidhlig. Bha gaol aig Baintighearn Ormadail air a' Ghàidhlig agus air na daoine a tha 'g a bruidhinn, ach bha gaol aice cuideachad air cleachdaidhean na diadhaidheachd agus air an eaglais a tha feuchainn ri 'n cumail suas.

Bha i eireachdail 'n a pearsa, ach bha i a cheart cho eireachdail 'n a doighean, agus cho uasal 'n a h-inntinn. An toiseach-tòiseachaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich bha triùir bhoirinnach a chitheadh tu daonnan aig a' Mhòd nach robh triùir eile an Albainn a b' eireachdaile agus a b' uaisle air gach doigh; 'n an coslas, 'n an gluasad, agus 'n an nàdur; Ella Nic - Gille - Mhicileil, Eiliadh Stiubhard-Murragh, agus Mrs Burnley Caimbeul. Chan 'eil gin dhiubh air mhaireann an diugh, ach lean iad uile air obair a' Chomuinn a chuídeachadh cho fad's a bha iad beò. Bha eadar-dhealachadh eatorra a thaobh am buadhan inntinn agus a thaobh an eòlais air a' Ghàidhlig, oir bha Ella Nic-Gille-Mhicileil fad air thoiseach air càch anns a' chuid sin, ach a thaobh eud, is ionracais, is banalais, is uaisle iriosal, bha iad coltaich ri chéile, peathraighean gu nàdurra, agus ann an sreath leò féin.

Is gasda daoine fhaicinn aig a' Mhod air nach 'eil dad a dhìth; cò ri amh a chunnaic Baintighearn Ormadail a' gluasad gu stàtail am measg na cuideachd gun fhaireachduinn nach robh othail no bualadh-blàs a dhith oirre, no duais, no taing, no buannachd shaoghalta?

### Laoidh

O, 's e bhi dlùth ri fear mo ghràidh  
Miann mo chridhe dh' oidhche is là,  
Ged tha mi truagh an iomadh càs,  
Tha sàsuchadh 'na ghealladh-san.  
  
Is ann an Criosda tha mo shlàinte,  
Is e a cheannaich mi le bhàs,  
Tha a nis m' fhiachan páidht'  
'S mi saor o'n bhàs is mallachadh.  
  
Cha dean airgiod agus òr  
Peacach truagh a thoirt beò;  
O, seall suas ri Righ na glòir  
Air Crann-bròin 'g ad cheannach dha.  
  
Ma gheibh thu sealladh air a ghràdh,  
Le fhuil a' sruthadh sios gu lär,

Cuir do dhòchas ann gu bràth  
Ar Slànuighear caomhail beannaichte.

O, cluinn a ghlaodh is e ri stri  
Air son pheacach anns gach tir,  
" Mo Dhia, mo Dhia, e'uim thréig thu mi,"  
'S a chridhe sgith gu fannachadh.

'S e Iosa gaisgeach a thug buaidh  
Air peacadh, agus bàs, is uaigh;  
Tha saorsa ghlòrmhor aig a shluagh  
Tha sealltuinn suas le creideamh ris.

Na 'm biodh ar cridhe teth le gràdh  
Do'n charaidh tha ri 'r taobh gach là;  
Cia mar nach tuiteadh sinn 'na làthair  
Aig cathair-gràis 'ga aideachadh.

Niall Mac Dhòmhnuill, *Uidhist-a-Tuath.*

## Eòlas agus Gràdh

LE MURCHADH MAC RATH, AN GLASCHU

CHA robh na seann diadhairean a' cur móran suim ann an Eòlas, no mar their sinn anns a' Bheurla, *Science*. Bha an *Scientist* a' cur teagaimh ann am móran a bha anns a' Bhiobull; dh' fheumadh a h-uile puing a bhi air a dhearbhadh mus creideadh esan ann. Tha luchd-rannsachaidh agus luchdmìneachaidh a' Bhiobuill agus na *Scientists* air a thigheinn na's fhaisge gu chéile; tha an dara fear a' feuchainn ris a' chruthachadh agus diomhaireachd a' Chruinne-cé fhaicinn tróimh shùilean an fir eile. Is e nì feumail a tha ann an eòlas; tha e a' cuideachadh leinn gu mór anns an t-saoghal, a' toirt dhuinn am biadh a dh' itheas sinn, an t-aodach a chòmhdaicheas sinn, agus gach goireas eile air an cuir mac an duine feum.

A nis tha an t-eòlas air am bheil an t-Abstol Pol a' labhairt anns an litir a sgriobh e chum nan Corintianach ag at suas buadhan agus aignidhean an duine, a chionn agus nach 'eil e air a stéidheachadh air a' bhunait cheart, air eagal an Tighearna. Tha rioghachdan a tha a' cur an dòchais, agus a' togail an siobh-altais air eòlas gun an gliocas bho shuas, an cunnart tuiteam gu lär. Théid iad as an t-sealladh mar chaidh bailtean móra na Roimhe, agus na Gréige.

Is ann truagh, bochd, a bhitheamaid as aonais eòlais, bhitheamaid mar na fiadbheathaichean, agus ainmhidhean na machrach. Mar a fhuairean duine eòlas bha e a' deanamh adhartais bho bhi fuireach ann an uamh, air a chòmhachadh le craicionn nam fiadbheathaichean a mharbh e leis an t-saighead. Tha an t-eòlas so gu math, agus a' dol am meud gach latha; tha e a' toirt dhuinn cumhachd uidh ar n-uidh air éifeachd a' chruinne; tha na feartan iongantach so a thug e do chloinn nan daoine, a' leasachadh air cor air a leithid a dhòigh agus gu'n labhair sinn an diugh ri ar mac ann an Astralia. Eiridh sinn anns an *aeroplane*, mar iolair air a sgiathan; bheir sinn duine a tha aig uchd bàis ann am Barraidh gu Tigh-eiridinn an Glaschu ann an uair no dhà a thìde. Eisdidh sinn le mór aire ri beul-aithris, òran, cluich, no searmoin, air an *Radio*, gun a dhol am mach a tac a teine. Is e sin eòlas a tha chum ar teachd-an-tìr a dheanamh na's fhùsa, ach tha an t-eòlas air a chur gu droch fheum anns an linн anns a bheil sinn beò. Ged a tha sinn mu dhà mhile bliadhna fo bhuidh an t-soisgeil, tha rioghachdan fhathast an amhaichean a chéile; chan 'eil inneal-sgríos as miosa a chaidh a dhealbh an inntinn an duine, nach 'eil a' dol an uidhean air son càch a chéile a sgríos.

Tha an *League of Nations* air tuiteam gu grunnd fairge na dichuimhne. Tha i mar sgeul a dh' innseadh neach, air a dìmeas, agus air a cur air chìl. Tha Iapan, agus Sina, an Edайл, agus an Spainit, a' cur an taca ann an neart an gàirdein; tha iad a' deanamh uail anns a' ghunna mhór, an *Submarine*, an *Aeroplane*, agus an *gas* as puinnseanta air son ciùraidh agus sgríos gach nàmhaid a dh' éireas 'n an aghaidh.

Cha dhi-chuimhnichear sgreadd nam peileirean, na laoich air an leòn, agus air an ciùradh, gun làmh, gun chas, dall, bodhar, a' lionadh gach Tigh-eiridinn anns an rioghachd, anns a' Chogadh Mhor ficead bliadhna air ais, agus a réir cùisean chan 'eil an gnothuch críochnaichte fhathast. Tha na tighean-fasgaidh ann an Glaschu agus ann am bailtean móra eile, làn de "Ghas respirators," a fhreasgas do sheann duine nan trì ficead agus naoidhean nan sia mòs.

Is e so an t-eòlas a tha ag at suas an duine.

Tha fòghlum eadar-dhealaichte bho eòlas; tha e a' tighinn bho 'n taobh-a-stigh, bho 'n chridhe, bho aignidhean, agus faireachduin, ach tha an t-eòlas a' tighinn bho 'n taobh-a-muigh, mar fhalluinn a tha thu a' cur umad. Tha am fòghlum so a' tighinn bho ghràdh Dhe, a' deanamh ath-bhreith anns an anam, mar ghrainne sgeallain a' fàs suas agus a' toirt a mach toraidh; tha e mar an neònean, a' fosgladh a dhuiileagan beaga màoth gu socair sèimh ri solus na gréine. Tha am fòghlum so a' dol air adhart fad ar beatha anns an t-saoghal so, agus anns an t-siorruidheachd.

'Nuair a thuirt Iosa, "Gràdhach do nàmhaid," chuir e lagh nan Iudhach bun os cionn; cha robh iad a' tuigsinn brigh an fhacail. Nach e an gràdh a tha deanamh an eadar-dhealaichaidh eadar Soisgeul Chriosd agus gach creud eile air aghaidh an t-saoghal! Fosglaidh e an cridhe cruaidh, reòite; cuiridh e blàths is sult an anam an duine. Tha spiorad nan gràs agus nu'n carthannais a' tighinn bho 'n ghràdh. Is e so am fòghlum a fhuaire Lidia 'nuair a dh' fhosgail an Tighearn a cridhe ionnas "gu'n d' thug i aire do na nithibh a labhradh le Pol." Dh' fhoillsich i creideamh le bhi toirt aoigheachd do theachdairean Chriosd. Tha an gràdh a bheir fòghlum mar dheò-gréine troimh uinneag a' chridhe a' rannsachadh a mach gach droch smuain agus enap-starra a tha a cumail an doruis dùinte, a' bacadh Chriosd bho thigheinn a steach d' ar beatha chum gu'm bi e maille ruinn agus gu'n gabh e còmhnaidh annainn.

Is e so an gràdh a dh' fhosgail cridhe Bean

Shamaria 'nuair a thuit na lannan bho a sùilean, agus a dh' aithnich i an Slànuighear aig an tobar “Na'm b' aithne dhuit tìodhlac Dhè agus cò e a tha ag ràdh riut, their dhomh

deoch, dh' iarradh tu airson, agus bheireadh e uisge beò dhuit.” Is e fòghlum da rìreadh an t-uisge so, a bhithreas 'na thobar uisge, a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich.

## Cirstidh Bheag

LEIS AN URRAMACH DONNCHADH MAC-A-PHEARSOIN

**S**gann gum beil seachdain nach fhaic sinn 's an *Oban Times* moladh-mairbh air cui-deigin á Uidhist-a-Chinn-a-Tuath is iomadh ait 'eile 's a' Ghaidhealtachd, a' deanamh iomradh air clù na cuid a theirig, agus air bròn chàird-ean is luchd-eolais aig a' bhaile agus an tirean céin air an son. Chan fhaca mi fhathast nì mu thimchioll Cirstidh Bheag; ach mur robh iomradh oirre an tirean céin, bithidh cuimhne oirre am Peaball iomadh bliadhna, chan ann a mhàin an coimhthional Eaglais na h-Alba d'am buineadh i, ach anns gach coimhthional eile 's an sgìre ; oir

Cuimhn' is iomradh maith a chaoidh  
Bithidh air an fhirean chòir.

Agus bha i “còir,” 's e sin, fialaidh do aobhar an Tighearna. Ged bha i bochd 'na crann-chur, gun nì ach *pension* nan Dall fad iomadh bliadhna, cha robh i a bheag air dheireadh air aon 's a choimhthional air son cumail suas na ministirealachd. Bha an còmhnuidh a cuid, 's a cridhe, 's a còmhradh airson na h-eaglais. Cha robh nì airson an robh cuideachadh air a thagradh bho 'n chùbaid nach

tugadh Cirstidh beagan seachad. Bha i fos-garra 'na nàdur, riaraichte le a cranchur, agus cùramach m'a cainnt 's m'a cuideachd. Fliuch no tioram, air an t-Sabaid no aig a' Chòinnimh-ùrnuigh, cha robh i air dheireadh. Neach sam bith a rachadh 'g a h-amharec a b' urrainn leughadh no seinn, cho luath 's a dh' fhosgladh dorus a bothain ri taobh an loch, bhiadh an Tiomnadh Nuadh no Laoidean Phadruig Ghrann air a chur 'na laimh. Bha e 'na thaitneas mór dhi, gille no nighean òg am measg choimhhearsnach is dhilsean a bhi leughadh dhi. Ged b'e a roghainn bhi fantuinn leatha fhéin, cha robh i gun chàirdean dlùth dhi a bha cuimhneachail oirre, agus anns an robh mór earbs' aice. Bha i onarach 'na caithe-beatha : cha robh i am fiachan do na marsantan. 'N uair thàinig galair a bàis, thugadh i do thigh a bràthar, far an do chaochail i. Faodaidh sinn a bhi cinnteach, 'nuair nach b' urrainn Cirstidh meadhonan nan gràs a fhrithhealadh ni b' fhaide, gun d' fhàs i sgith de'n t-saoghal, agus leatha-se gu'm b'e bhi maille ri Criod bu ro fheàrr.

## “Long an t-Soisgeil”

LE D. I. MAC DHUTH-SÌTH, SOLLAS, AN UIDHIST-A-TUATH.

**T**HA Long an t-Soisgeil air a' chuan,  
'S i togail suas a siùl ;  
I'seòladh chum na dachaidh bhuan  
'S tha 'n t-Athair air an stiùir.

Is tric bhios seòladh còmhnuard grinn,  
'S gach ni a' dol le mùirn,  
Gach neach air bòrd a' seinn gu binn,  
'S an t-Athair air an stiùir.

Bidh gach ni gu deas air bòrd,  
'S i ruith gu réidh a cùrs'  
'S na làmhan dileas mar is còir,  
'S an t-Athair air an stiùir.

'S an uair a shéideas suas an stoirm,  
Is beucaich cuain as ùr,  
Bidh 'chuis a' sealltainn teagmhach doirbh  
'S an t-Athair air an stiùir.

Tha aon air bòrd le gean gun ghruaim,  
Is fiamh a ghàir 'na ghnùis ;  
Cha chuir an stoirm le meud a cruais  
Ni ghealtachd air a shùl.

Is feòraichear de'n Chriosduidh òg,  
Dé 's aobhar dha bhi ciùin,  
Is freagraidh e gu geanail còir  
Tha m' Athair air an stiùir.

“Ged thigeadh teinn is cunnart bàis,  
Is buairidhean dorcha as ùr,  
Thig furtachd fhior 'o n Ti as àird'  
'S e fèin tha air an stiùir.”

“Chan fhàg e aon an éiginn chruaidh  
A thig a réir a rùin,  
Theid fuadach air gach eagal truagh,’  
Tha m' Athair air an stiùir.



## An Deuchainn Chruaidh

*"Gabh a nis do mhac, t' aon mhac Isaac as ionmhuinn leat, agus thoir suas e mar thabhartas-loisgte."—  
GENESIS xxii. 2.*

BUSHEARBH AN DEUCHAINN A BHA AIR A CHUR AIR  
Abraham an uair a dh' iarradh air dol do thir  
Mhoriah agus a mhac ionmhuinn a thoirt suas  
mar thabhartas-loisgte. Aig amannan eile d'a  
bheatha dhearbh e am fianuis Dhé agus  
dhaoine gu'm bu duine e a bha umhail do  
thoil Dhé, ach an là ud air sliabh Mhoriah  
chuir e a' chlach-mhullaich air a dhiaidhaidh-  
eachd, oir ràinig e àirde creidimh nach do  
ràinig móran de chloinn nan daoine roimhe  
no 'na dhéidh. Chan 'eil e iongantach, mata,  
gu'n d' fhuair e anns an eaglais Iudhaich an  
t-ainm, *caraid Dhé*, agus anns an eaglais  
Chriosduidh, an t-ainm, *athair nan creidmheach*.

Tha an naidheachd so a' togail iomadh ceist  
dhuilich is dhiomhair, ach chan 'eil mi a' dol  
a steach anns na ceisteann sin an tràth-sa. Tha  
mi a' tighinn thairis oirre a chionn gu bheil  
buannachd ann do dhaoine, an uair a tha iad  
fo thrioblaid, smuaineachadh air daoine eile  
a dh' fhuling mar a tha iad féin a' fulang,  
ach nach do chaill an creideamh, no am mis-  
neach, no an dòchas. B' ann diubh sin  
Abraham; bha a chridhe-san air a leòn gu  
goirt, ach a dh' aindeoin searbhadas an fhios-  
rachaidd a thàinig air, cha do chaill e earbsa  
ann an Dia, agus cha mhò a rinn e gearan.  
Ged bha Dia 'ga threòrachadh air slighe nach  
b' aithne dha, agus ged bha deacaireachd  
'na fhreasdal nach b' urrainn dha a thuiginn,  
cha do ghabh Abraham air féin casaid a  
dheanamh 'na aghaidh; bha fhios aige cò  
ann a chreid e agus bha dearbhachd aige,  
eadhon anns an dorchedas, "gu robh Dia  
ceart 'na uile shlighean agus naomh 'na uile  
ghniomharan." Agus do bhrigh gu robh  
an creideamh sin aige dh' oibrich an àmhghar  
a thàinig air trom-chudthrom glòire dha a bha  
sior-mhaireannach.

Tha e duilich dhuinne sinn féin a chur ann an  
àite Abrahaim, no an deuchainn a chuireadh  
air a thuiginn gu ceart, ach co dhiu tha e  
soilleir gu'n do nochd e creideamh is umhlachd  
do Dhia a tha cho fada os cionn ar creidimh-ne  
's a tha na speuran os cionn na talmhainn;  
creideamh a dhùisgeas amharus 'n ar cridhe  
nach fhiach ar creideamh féin creideamh a  
radh ris.

Tha sinne toilichte gu leòir ma théid againn  
air ar n-inntinn a chumail beò is sunndach  
fo na doilgheasan beaga a tha coitcheann do 'n

chinneadh-daonna; no ma tha tomhas de  
fhaidhidinn againn fo challdachd nach b'  
urrainn dhuinn a sheachnad. Ach dh' iarradh  
tuilleadh is faidhidinn air Abraham; dh'  
iarradh air an claidheamh a shàthadh 'na  
chridhe le a làimh féin; aoibhneas is solus a  
bheatha a mhìuchadh 'na dheòin. Dh' iarradh  
air ceum a ghabhail a dh' fhaodadh e a sheach-  
nad na'n toilicheadh e; ceum a bha dol  
calg-dhìreach an aghaidh nan geallaidean a  
thug Dia cheana dha. Cho fad 's a bu léir  
dha, bha an gealladh mór a thug Dia dha,  
gu'm beannaicheadh e uile chinnich na tal-  
mhainn 'na shliochd-san, an crochadh ri  
beatha a mhic, agus a nis bha e air iarraidh  
air a mhac a thoirt suas mar thabhartas-  
loisgte.

Bha e duilich dha an dòchas so a bha dha  
mar reul-iùil fad iomadh latha a leigeil bhuaith,  
an dòchas a bha mar aran d'a anam. Eadar  
sin agus an gaol a bha aige air a mhac bu  
déistinneach cor an duine bheannaichte;  
ach eadhon ann an uisgeachan domhain dh'  
earb e ann an Dia, agus lean e falas an Tighearn,  
ged bha solus a rèasoin féin is fair-  
eachduinnean a chridhe a' dol 'na aghaidh.

B' uamhasach an deuchainn e air nàdúr-  
daonna, ach is ann an uair a théid e air uilinn  
a nochdas nàdúr mhic an duine gu bheil  
uaise agus gaisgealachd ann air nach urra-  
ainnear cainnt a chur. Ann an làithean a'  
chogaidh an uair a bha òigradh na dùthcha  
air an cur gus am fulangas ann an digean-  
cogaidd na Frainge, cha robh seachduin  
a' dol seachad anns nach leughamaid mu  
euchdan agus mu ghnìomharan uasal a bha  
air an deanamh le balaich chumanta nach  
cualas riagh iomradh orra aig an tigh; balaich  
nach saoileadh tu gu robh a leithid de stuth  
annta. Mar is tinne a bhios nàdúr mhic an  
duine air a dhearbhadh le deuchainnean  
cruaidh is ann as soilleire a chi thu gu bheil  
uaise agus misneach agus comas-fulangais  
ann a tha gun cheann gun chrioch. Bha sin  
fior a thaobh Abrahaim; cheus e gach ni a  
bha seasamh eadar e agus toil Dhé, is chaidh  
e a mach gu sliabh Mhoriah, ag ràdh, "Dean-  
adh an Tighearn an ni a tha iomchuidh 'na  
shùilean."

Ann an seaghdh fior tha ghnìomharan uasal neo-  
bhàsmhor. Co dhiu a tha iad a chum feuma

aig an àm no nach 'eil, tha gach euchd uasal is maiseach a rinneadh riamh a chum maith an t-saoghal air a' cheann mu dheireadh; tha siol anna a chinneas agus a bheir a mach toradh, àile-beatha a sgaoileas sláinte is fallain-eachd am measg nan uile dhaoine a chluinneas iomradh orra, no a bheir an aire dhaibh. Gach uair a chi sinn duine eile 'ga ghiúlan féin gu h-vasal agus gu gaisgeil ann an strì na beatha, no ann an uair a' bháis, tha sin a' toirt neart is misneach ùr dhuinn féin, agus a' deanamh na slighe na 's réidhe romhainn.

Tha beatha dhaoine-mór 'g ar teagasc  
Gu'm faod sinn uile strì ri euchd,  
Is ain dhuinne siubhal dhachaidh,  
Ceuma fhàgail as ar déidé.

Ceuma, theagamh, chì neach eile  
Air a thurus troimh an t-saogh'l,  
Bràthair bochd tha call a mhìsnich,  
'S gu'm faigh e spiorad ùr d' an taobh.

Bu duine-mór da-rìreadh Abraham, agus bu mhaith dhuinn uile meòmrachadh an dràsd's a ris air eachdraidh a bheatha agus mar a ghiúlain e e féin ann an là a thrioblaid, an dòchas gu 'm bi coinneal ar creidimh féin air a lasadh aig a choinnill-san. Ged tha e marbh tha e fathast a' labhairt, agus is e an teachdair-eachd shònruichte a tha e a' labhairt ruinn, gur e creideamh a mhàin a bheir dhuinn a' bhuaidh air an t-saoghal agus air àmhgharan ar beatha, agus gur e so creideamh,—earbsa laidir a bhi againn ann an riuntean glic an Tighearna d' ar taobh a dh' aindeoin an dor-chadas a dh' fhaodas a bhi ag iadhadh umainn, agus a dh' aindeoin gach calldachd a thig oirnn 'na fhreasdal.

Am measg nan nithean a tha caochlaideach tha aon ni seasmhach agus gun atharrachadh, gràdh Dhe d'a chloinn. Faodaidh sinn a bhi cinnteach as a sin daonnan; chan e olc ach maith a tha 'na smuaintean uile d' ar taobh. Agus do bhrigh gu bheil a smuaintean-san umainne daonnan maith agus daonnan seasmhach cha bu chòir dhuinn leigeil le ar smuaintean féin uime-san a bhi neo-sheasmhach no amharusach. Ach nach tric a bhitheas iad mar sin! Nach tric a tha smuaintean eadhon dhaoine diadhaidh mu Dhia cho neo-sheasmhach ris a' ghaioth luaineach nach fhan air an aon chalpa ach goirid; an diugh a' creidsinn 'na mhaiteas is 'na ghràdh, ach am màireach a' tuiteam anns an dubh as-creideamh; air an luasgadh a null 's a nall. Cha riaraich

an seòrsa creidimh so Dia, agus cha mhò a bheir e buaidh air an t-saoghal. "Is cosmuil e ri tonn na fairge, a shéidear le gaoith agus a tha air a luasgadh a null agus a nall. Na saoileadh an duine sin gu 'm faigh e ni air bith o'n Tighearna."

Tha Dia airidh air ar n-earbsa *daonn*, co dhiu a tha a fhreasdal searbh no caomhail; tha e cho airidh air ar n-earbsa an uair a tha a làmh air a leagadh oirnn ann an smachd-achadh's a tha e an uair a tha e 'g ar treòr-achadh ann an cluaintean bòidheach agus làimh ri uisgeachan ciùin. B'e so fiosrachadh Iob, oir thubhaint e, "Ged mharbhadh e mi, earbaidh mi as," agus fiosrachadh Abrahaim cuideachd, oir thubhaint e, "Nach dean breitheamh na talmhainn uile an ni a ta ceart?" Fhuair iadsan da rìreadh an creid-eamh a bheir buaidh air an t-saoghal, agus a dh' oibricheas mòrbhuilean ann am beatha na feadhnaig aig a bheil e.

Ann an litrichean a bha mi a' leughadh bho chionn ghoirid dh' amais na briathran so orm. "Fhuair mi sòbhreach an dé, a' cheud shòbhreach a chunnaic mi am bliadhna. Shiubhail mi taobh nan gàraighean is ann an àitean fasgach an dùil gu'm faighinn am flùr beag bòidheach so 'air chùl gaoithe 's air aodann gréine.' Ach cha b' ann mar sin a bha. Cha b' ann taobh a' ghàraidh a fhuair mi e, ach air àite lom gun fasgadh far an robh e a' togail a chinn mar gu 'm biodh e a' toirt dùlain do na siantan."

Nach tric a chithear ni-eigin coltach ris a so ann am beatha dhaoine; flìran bòidheach na beatha spioradail—creideamh, is faidhidinn, is dòchas, is macantas—a' cinntinn ann an cridheachan na feadhnaig sin a bha ann an uisgeachan domhain gun sgur, agus air an leòn le iomadh cràdh, agus gun iad idir a' cinntinn ann an cridheachan nan daoine nach d' fhiosraich bròn, no trioblaid, no camadh 'nan crannchur. "Chaidh sinn troimh theine agus troimh uisge," ars' an Salmadair, "ach thug thu mach sinn gu h-ionad saoibhir." Theagamh nach léir dhuinne ciod a tha Dia a' ciallachadh an uair a bhios e 'g ar cur troimh theine is uisge, ach chi esan a' chrioch o'n toiseach, agus is léir dha an t-ionad saoibhir air an aill leis gu'n ruigeamaid.

B' fheàrr do dhuine mile mile uair an neach as prisile dha air thalamh a' chall seach a chreideamh agus a dhòchas ann an Dia.

## Anns a' Choille Bheithe

**A**N uair a bha Eachann Mac-an-tòisich agus Iseabal Friseal pòsda deich bliadhna dh' fhàg iad an tigh beag anns an robh iad a' fuireach le aon searbanta, is ghabh iad air

mhàl tigh-mór anns an robh còig searbhanan aca. Ach ged bha iad a' tighinn air an aghaidh anns an t-saoghal, cha robh iad a' tighinn air an aghaidh ann an gràs no ann an sonas.

Sin an t-aobhar gu'n d' thubhairt Iseabal, an uair a dh' fharraid Eachann dhi an robh ainm sònruichte aice a bu mhaith leatha a thoirt air an tigh ир, "Nach fhaod sinn," ars' ise, "Cabal a thoirt mar ainm air."

"Cabal," ars' esan, "ciod air an t-saoghal a chuir Cabul 'n ad cheann?" Cha robh duine d' ar daoine-ne ann an Cabul riamh, ma's e am baile a tha thall anns na h-Innisibh an Ear, no ann an Astralia, no ann an àite-eigin mar sin, a tha thu a' ciallachadh.

Thugadh "Cabal" mar ainm air an tigh, ged nach d' innis Iseabal dha nach do rinn am facial ach tighinn 'n a cuimhne a cheart mhionaid a dh' fharraid e dhi an robh ainm aice do'n tigh ир, an tigh-mór nach bu toigh leatha a mach no a stigh, agus m' an robh amharus agus eagal 'n a cridhe gu'n cuireadh e na b' fhaide air falbh iad o Dhia agus o shonas na bha iad cheana. Chuimhnich i air na bailtean a thug Solamh do Hiram, righ Thiruis, ach 'nuair a chaidh Hiram a dh' fhaicinn nam bailtean *cha do thaitinn iad ris; agus thugadh fearann Chabil orra mar ainm gus an là an diugh.* Sin mar thugadh an t-ainm air tigh-mór Eachainn.

\* \* \* \* \*

Bha athair Eachainn 'n a mharsanta anns a' bhaile anns an robh athair Isabeil 'na mhiniestar. A thuilleadh air a bhùth, bha am Post Office aige, agus *garage*, is bha e a' reic guail, agus guano, agus uiread sheòrsachan bathair, 's nach d' fhuair e riamh ainm féin, no ainm eile ach Woolworth. Cha mhò a fhuair a mhac ainm eile anns an sgoil ach Eachann Woollie. Ach bu choma le athair no le Eachann ciod an t-ainm a bheireadh daoine dhaibh, cho fad' s nach rachadh iad seachad air a' bhùth aca.

Cha b' ann ann an tigh a h-athar a bha Iseabal air a togail, ach còmhla ri piuthar-a-màthar, seana bhoirionnach aig nach robh teaghlach dhi féin ach a bha anabarrach beartach. Bha an duine aice 'n a bhancair, is dh' fhàg e a bhantrach gu maith air a dòigh an uair a shiubhail e. Thug am ministear Iseabal d'a phiuithair 'n a caileig òig, gu bhi 'n a ban-chompanach dhi, agus làn dhùil aige gu'm fagadh a phiuithar na bha aice de'n t-saoghal aige féin agus aig a theaghlaich.

Cha d' fhuair e briseadh-duile; an uair a shiubhail bean a' bhancair thàinig Iseabal dhachaidh do thigh a h-athar, agus m' an robh i bliadhna aig an tigh bha i gòsda aig Eachann Woollie, a bha air àite athar a ghabhail. Gu là a bàis cha b' urrainn i innseadh car son a phòs i Eachann, mur b' e an taoibhar, gur e a' cheud fhear a thàinig riamh 'na rathad, agus gu robh Mairi a piuthar an aghaidh e bhi a' tadhall oirre idir. Co dhiu phòs i e, ach cha chual i aon fhacal de na thubhairt am

ministear aig seirbhis-a-phòsaidh; bha i fad na h-ùine a' smuaineachadh gu'm b' fheàrr leatha nach robh i 'g a pòsadh idir; ghabh i aithreachas ach bha e ro ammoch tarruing air a-hais.

Ach ged nach robh gaol aice air Eachaun Woollie cha do leig i leis an t-saoghal sin fhaicinn, agus cha mhò a thuig no chunnaic Eachann e, oir bha e car spailpeanta gu nàdurra agus cinnteach as féin, agus a thuilleadh air sin bha e cho driopail a' reic guail agus guano's nach robh uine aige a bhi a' smuaineachadh air faireachduinean a mhath. Cho fad's a bha an tigh air a chumail gu maith, agus nach biadh a chlann a' caoineadh, no Iseabal a' gearan, bha Eachann an dùil gu robh cuisean a' dol air an aghaidh gu gasda.

Cha robh dad a' tighinn foidhe ach airgiot a dheanamh, agus rinn e sin, barrachd airgid na rinn marsanta eile riamh eadar Loch an Inbhir, an Cataibh, agus Ceann Loch, an Cintire. Ach mar bu mhò a bha e a' deanamh a dh' airgiot is ann bu mhò a bha airgiot a dhith air, agus is ann bu mhò a bha e a' cosd. Uair a thug a bhean e a dh' ionnsuidh a' Mhòid anns an Oban (an aghaidh a thoile) an uair a dh' fhaighnich i dheth eia mar a thaitinn an t-seinnis ris, is e a thubhairt e nach cuil e fad na h-ùine fuaim a bha cho taitneach d'a chluais ri gliong leth-chruin air a' chuntar anns a' bhùth aige féin.

B'e là na Sàbaid an là air am biadh e a' sealftuinn thairis air a leabhrachean; an uair a bhiodh daoine eile ag aoradh do Dhia anns an eaglais bhiodh Eachann Woollie ag aoradh do Mhammon ann an cùil bhig far an robh na leabhrachean air an gleidheadh anns a' bhùth. Cha robh e féin no a bhean a' dol uair air bith do'n eaglais; cha rachadh Iseabal innte a chionn nach rachadh esan leatha, is cha rachadh Eachann innte a chionn gu'm b' fheàrr leis a bhi ri obair an t-saoghal.

Ged bha Eachann Woollie gaolach air airgiot a dheanamh bha e gaolach cuideachd air a bhi 'g a chosd; cha b' urrainn duine beò a ràdh gu robh e cruidh no spiocheach. Bha e coibhneil r'a luchd-oibre, agus ri choimhlearsaich, agus gu sònruichte ris an fheadhainn a bha anns an sgoil còmhla ris, agus ged bhiodh daoine ag innseadh d'a chéile naidheachdan beaga tugaideach uime, air a chulaibh nach h-innseadh iad air a bheulaibh, bu toigh le muinntir a' bhaile e, is cha robh nimh no mìoran anns na naidheachdan sin. Cha robh annta ach seanchas àbhaec mu ghaol Eachainn air a bhi mór. An uair a chuir e suas clach-chinn aig uaigh athar agus a mhàthar thug e àithne do'n t-snàidheadair i bhi dà throigh na b' airde na clach eile anns a' chlachd.

A' bhliadhna a dh' fhàg e an tigh beag agus

a chaidh e a dh' fhuireach do'n tigh-mhór a dh' fheumadh còig searbhantran, thòisich daoine air monmhur 'n am measg féin nach b' urrainn dha uiread airgid a dheanamh anns a' bhùth 's a bha e a' cur a mach. Theireadh cuid gu'n d' fhuair e airgid mór le mhaoi, gu'n d' fhàg bantrach a' bhancair leth-cheud mile aice; theireadh cuid eile gu robh bràthair-athar aige ann am Ballarat, robair fiadhaich aig an robh tigh-òsda anns an do chaill iomadh duine am fortan a rinn e ann am mèinnean an òir, agus gu'n d' thàinig ciste throm de'n òr sin gu Eachann Woollie. Ach cia mar air bith a fhuair e e, bha, a réir choslais, gu leòr a dh' airgid aig Eachann Woollie.

Goirdid an déidh dha dol a chòmhnuidlid do'n tigh-mhór cheannaich e *yacht* riomhach; an uair a dh' fhaighnich cuid-eigin dheth ciod am feum a bha aige air *yacht* thubhairt e gu robh *yacht* aig Poltalloch agus aig an Righ, agus gu'm biodh i feumail dha a ghiùlan guail agus aoil agus guano a dh' Aird-nam-murchann agus do Loch Suaineart. An sin chualas gu'n do cheannaich e oighreachd bheag anns an Apuinn, ag ràdh nach robh e ceart fearann na Gàidhealtachd a bhi tuiteam an làmhan Bòrd an Fhearainn; gu'm b' fheàrr e bhi an làmhan dhaoine aig an robh gu leòr de ghuano a chuireadh iad air. "Cuiridh mise," ars' esan "sé oirligh de ghuano air gach troigh fhearainn anns an Apuinn gus am bi coirecmór a' fas ann cho àrd ri crann na *yacht* aig an Righ." B'e an ath leum a thug e as Hotel mór anns an Oban a cheannach; bha saoir agus pleastairean an Obain ag oibreachadh dà uair a bharrachd a h-uile là, a' feuchainn ris an Hotel fhaotainn deas gu luath, agus iad a' cluimintinn gu robh Tigh nan Cumantan uile a' tighinn a dh' fhaicinn inneal-mharbhaidh iùr a bha ri bhi air a feuchainn agus air a dearbhadh air cùl Clearara, agus gur ann anns an Hotel aig Eachann Woollie a bha Cinn na Parlamaid agus Cinn nan sothichean-cogaidh a dol a dh' fhuireach.

Am feadh 's a bha na gnothuichean móra so air an cur air bhonn le Eachann Woollie, agus àireamh mhór dhaoine a' ruith an sud agus an so, gus àithntean agus iarrtusan an duine a chur an géill, ann am bancaidhean, ann an seòmraichean luchd-lagha, ann am bùithean mharsantan, bha Eachann air chùl a' chuntair 'n a bhùth féin; cho ciallach, socrach, sio-bhalta, ri aon air bith de na gillean a bha fo phàidheadh aige; a mhulichinnean truiste, aparan m'a mheadhon, agus facal coibhneil,

freagarrach, aige do'n bhoirinnach bhochd a bha a' ceannach punnd siùcair cho maith 's a bha aige do'n tuathanach a cheannaicheadh deich tunna guano. Ged a cheannaich e *yacht* agus oighreachd, agus Hotel, bha e air dhòigh eile cho pongail agus cho iriosal 's a bha e riamh, is cha b' urrainn muinntir a' bhaile dad eile a ràdh ach gu robh dòighean duine airgidach a cheart cho iongantach ri slighe fir le h-òigh, no ri slighe na h-iolaire anns na speurabhbh.

\* \* \* \* \*

An ceann maduinn no dhà, an àite éirigh aig sé uairean mar b' àbhaist dha, dh' fhan Eachann Woollie 'n a leabaiddh, is dh' iarr e air Iseabal fios a chur air an t-Siorram, agus e air son innseadh dha gu robh Probhaisst an Obain ag obair anns an t-seòmar aige fad na h-oidhche, a' tolladh a chinne le tora. Thubhairt e rithe cuideachd gu robh sgaoth de dhaoine beaga còmhla ris a' Phrobhaisst, agus a h-uile uair a bheireadh am Probhaisst fiacall as, gu'n tilgeadh e i air na daoine beaga, agus gu'm falbhadh iad cho luath ris a' ghaoith, a mach air an t-similear, a thoirt nam fiacall aige do Clearara, far an robh Soitheach-adhair o Mhussolini a' feitheamh orra, agus e a' dol 'g an cur gu righ Abyssinia, an àite na feadhnaich a chuir e as.

Chuir Iseabal fios air an dotair; chuir dotair fios air dotair eile, agus m' an tainig an oidhche bha Eachann Mac-an-Tòisich air a thoirt air falbh do Cheann Loch Gilb.

An sin shaoileadh tu nach robh uiread chlèreach no uiread bhancairean an Earra Ghàidheal 's a thòisich air tighinn do bhùth Eachainn, a rannsachadh a leabhrachean. Air a' cheann mu dheireadh fhuair iad a mach nach robh aon sgillinn ruadh aige leis ám páidheadh e an oighreachd, agus an *yacht*, agus an Hotel, a cheannaich e; gu robh iad air am páidheadh le airgid-iasaid o bhancaidhean, agus o luchd-lagha, agus o mharsantan-móra a bha an dùil gu robh Eachann Woollie 'n a dhuine beartach. Fhuair iad a mach cuideachd gu'n d' ith am buth a h-uile sgillinn de'n airgid a bha aig Iseabal; gu robh Eachann bàidhthe am fiachan o chionn bhlàdhnachan, agus nach do chùm dad eile e o bhi briste ach am beachd a bha aig daoine gu'm bu duine airgidach e.

Bha Iseabal agus a' chlann air am fàgail gun chuid, gun dachaiddh, ach ged tha fhios agam ciod a dh' éirich dhaibh-san, agus cia mar a dh' ullaich Dia agus càirdean caomhail air an son, cha ruig mi a leas sin innseadh an tràth-sa.

## IS DUAL DO'N DUINE BRON

**B**HA an Dàn so air a thionndadh gu Gàidhlig bleis an Urramach Iain Mac-an-Aba, an Sgibinnis, an Cinn-tire, duine aig a bheil

saladhain mbaith air bàrdachd Bheurla a thionndadh gu Gàidhlig, gun a smior, no a spiorad, no a dreach a chall. Chan aithne

dhomh duine eile aig a bheil làmh as fheàrr air an obair so na tha aige, is bhithheadh e 'n a bhuanachd do litreachas na Gàidhlig na'n leanadh e oirre.

An àite a bhi a'deanamh rannan as an cinn féin, rannan air nach bi snas no blas air a' cheann mu dheireadh, b' fheàrr do sgoilearan òga Gàidhealach feuchainn ris na nithean maiseach a gheibhean am bàrdachd Bheurla a chur an Gàidhlig. Tha so duilich a dheanamh, ach cha bhi obair mhaith gu bràth gun dragh.

Cha ruig mi a leas innseadh do luchd-leughaidh nan duilleagan so gur e Burns a rinn an Dàn, agus gu'm b'e càradh truagh nan daoine ri linn a thug air a dheanamh. Tha daoine a' caoidh cor na Gàidhealtachd an diugh mar bha iad a' caoidh cor na dùthcha anns na làithean ud, ach ged tha feum againn air laghanna ùra, theagamh gu bheil barrachd feum againn air seirc. is gràdh, is coibhneas, mar tha Burns a' cur 'n ar cuimhne.

**A**IR feasgar geomhraidh, 's mi air chuairt  
Mu bhruachaibh abhainn Ayr  
'Nuair ruagas gaillionn fuar na Tuath  
Gach cluain is fireach àrd,  
Fear-turuis choimhich mi 'nam ruraig  
Fo uallach trom de chràdh;  
Bha àileadh bhliadhna chan 'na ghruaidh  
'S a ghruag gu tana bànn.

" Ciod e do thòir air raon, 'san uair ? ''  
Thuirt riùm an truaghan aoso'd ;  
" 'N e gòraich mhaoth na h-òig' tha bhuit  
No stòras meallt' an t-saoghal,  
No'n d' fhuair do chridhe 'n t-eòlas buan  
'Dh 'fhàg mise luaineach faoin  
A' siubhal bhruach, a' caoidh gach truaigh'  
As dual do chloinn nan daoin ? ''

" A ghrian 'tha cromadh cùl nan cruach,  
Le 'n sluagh fo dhùibhre néoil,  
Na miltean fann le falus gruaidh  
'S gur gamm tha 'n cead 'bhi beò,  
Ràidh-geomhraidh chunna mi 'na cuairt  
Ceithir fichead uair is còrr ;  
'S gach uair thug dhomh-sa urras nuadh  
Gur dual do'n duine bròn.

" An tìus a rè, gun shuim gun chiall,  
Tha 'n duine feedh gach linn,  
Caoin-shuarach mar tha 'n uair a' triall,  
'S na bliadhna chan nach till ;  
An fheòil 's an saoghal 'ga shlaodadh cli  
Le clionaodh fiar o'n chòir,  
Is sgriobht' an cois gach gniomh a' bhinn  
Gur cinnteach dha-san bròn.

" 'S na beachdaich air 'na oige, 'mhàin,  
Tha 'dhùil 's a dhòchas beò,

Is caraid dha-san lùgh nan làmh,  
'S cul-taice neart nan dòrn ;  
Ach faic e dlùth air bruaich na h-uaigh'  
'Na dheòiridh truagh gun treòir ;  
An ainnis liath 'na fianuis bhuan,  
Gur dual do'n duine bròn.

" Tha cuid an seilbh air sporan làn,  
Gun ghainne bàrr no lòin,  
Ged 's tric nach caraich airgiod cràdh  
'S nach glacan slàint le h-òr ;  
Ach 's liomhhor iad, mo chreach ! d' an dàin  
Rè ganntair, cràidh, is leòn,  
Gach oidhche 's là o'm breith gu 'm bàs  
Fo chàradh bochd a' bhròin.

" Is iomad acaid ghuineach gheur  
" Tha 'n lùib ar cré ri 'r beò,  
Ach 's miosa uile a dhealbh sinn féin  
Le mì-run, eud, is leòm :  
An sluagh 'fhuair solus iùil o'n speur,  
Is iomhaigh Dhé mar ghlòir,  
Tha 'n ainneart trom air càch-a-chéil'  
A' dioladh péin is bròin.

" An t-oibriche le 'shlinnean crom,  
Cho tràilleil com is dòigh,  
Ag iarraidh cead o bhràthair 's an fhonn  
Gu faigh e saothair a lòin ;  
Is faic an t-urra mòr 'na uaill  
'Ga ruagadh bhuaith le 'bhròig  
Gun iochd' ri màthair a' chridhe trom  
No pàisdean lom a' bhròin.

" Ma chaidh mo chruthachadh 's an rùn  
Gur dùth dhomh 'bhi 'nam thràill,  
Car son a fhuair mi anam's tùr  
B'e staid na brùit a b' fheàrr :  
'S mur deachaidh, ciamar tha mi 'n dràsd  
Fo smachd is sàil fir-mhòr' ;  
'S car son tha cead aig neach tha làthair  
A bhràthair a chur gu bròn ?

" A bhàis, tha sàmhchair ann ad dhàil,  
'S tu caraid blàth nam bochd,  
Fàilt air an là 's am faigh mi tàmh  
'S am bi gach cràdh 'na thosd :  
Is culaidh-uamhais thu do'n àl  
Nach d' fhàirich tair no sprochd,  
Ach 's bàigheil beannaithe do làmh  
Do dhream a' chridhe ghoirt.

" Ged 's bochd an diol 'tha 'm brìgh mo dhuain,  
Na creid gur buan an seòl :  
Gheibh gaol is sìth ri tìm a' bhuaidh,  
Is mùthaidh caoidh gu ceòl :  
Do'n chinne-daonn' tha 'n gealladh fior  
Gu 'n siabar bhuainn na deòir :  
Tha dùil ri dachaidh nuadh o'n Rìgh,  
'S thig crioch air latha 'bhròin.'

## Anns a' Chathair

**T**HA iomadh rud a' tachairt anns an t-saoghal so nach 'eil daoine a tuigsinn, nithean a tha os cionn ar n-eòlais agus ar fiosrachaidh. Ach ged nach 'eil e furasda dhuinn a thuigsinn eia mar a tha iad a' tachairt chan 'eil sin a' ciallachadh nach 'eil iad fior. Bheireadh fianuisean creideasach am facial gu bheil an naidheachd so fior.

Sheòl Iain Camshron 'n a Mheat air bare mór brèagh a dh' fhàg Glaschu a dhol do Bhrunsuig Ur air taobh thall na h-Atlantic, ann an toiseach an t-samhraidh o chionn beagan bhliadhnaeachan.

An uair a bha i dlùth air oitirean *Newfoundland* bha an sgiobair agus am meat shuas air an drochaid, a' gabhail na gréine aig dà uair dheug mar a b' àbhaist, los a dheanamh a mach c' àite an robh iad. An déidh dhaibh a' ghrian a ghabhail, chaithd iad sìos, gach fear d'a sheòmar fén, a dh' oibreachadh air an cairtean-seòlaidh, feuch an robh iad a cordadh ri chéile a thaobh an àite anns an robh am bàta.

An uair a bha am meat ullamh, chaithd e a steach do sheòmar an sgiobair a leigeil fhaicinn dha c' àite an robh e an dùil a bha an soitheach. Bha an sgiobair (a réir choslais) 'n a shuidhe aig an dase, a' sgrìobhadh air sgléat; agus gun uiread agus sealltuinn air, no a shùil a thogail bhàrr na cairt-seòlaidh a bha 'n a làimh fén, dh' fhaighnich am meat dheth c' àite an robh e an dùil a bha iad. An uair nach do fhreagair an sgiobair chaithd am meat na bu dlùithe dha is dh' fhaighnich e a cheart cheist a ris. An dara uair cha do fhreagair an duine a bha aig an dase, ach thionndaidh e a cheann, agus anns an tionndadh sin, chunnaic am meat nach e an sgiobair a bha ann idir, ach duine nach fhaca e riamh roimh.

Ged nach bu ghealtair am meat chuir rud-eigin a bha ann an coslas agus ann an aodann an duine fiamh air, agus gun uiread agus a lethseul a ghabhail, no facial siobhalta air chor-eigin a ràdh ris an fhear nach robh e ag aithneachadh, leum e a mach as an t-seòmar is ruith e suas an staidhir gu drochaid na luinge. An uair a ràinig e an drochaid bha an sgiobair a' sràideamachd oirre, mar nach robh dad ceàrr air, no cùram air mu chûrsa an t-soithich, ach leis gu robh anail a' mheat 'n a uchd, dh' fharraid an sgiobair dheth an robh dad ceàrr air.

"Cò," ars' am meat, "a tha 'n a shuidhe aig an dase agaibh 'n 'ur seòmar?"

"Chan aithne dhòmhais," ars' an sgiobair, "gu bheil duine air bith 'n am sheòmar; ciod a tha thu a' ciallachadh?"

Dh' innis am meat dha mu'n choigreach a chunnaic e 'n a shuidhe aig an dase, ach is

ann a thòisich an sgiobair air tarruing as, ag ràdh gu robh a shùilean 'g a mhealladh, no gu robh e 'n a leth-chadal agus a' bruadar, no gur e an stiùbhard a chunnaic e aig an dase agus nach d' aithnich e e."

"Aбраїб-се ar roghainn," ars' am meat, "ach chan e an stiùbhard, no duine eile a bhuineas do'n bhàta so a chunnaic mise 'n a shuidhe aig an dase, ach coigreach nach fhaca mi riabh; chunnaic mi e cho soilleir 's a tha mi 'g 'ur faicinn-se an dearbh mhionaid so, agus e a' sgrìobhadh air an sgléat agaibh."

"Théid sinn sios le chéile," ars' an sgiobair, "agus chì mi le mo shùilean fén an coigreach so!"

Ach an uair a dh' fhosgail iad an dorus cha robh duine ann an seòmar an sgiobair; bha e falamh.

"Cha ruigeamaid a leas an drochaid fhàgail," ars' an sgiobair; bha fhios agam gur ann a' bruadar a bha thu." Chuir e diomb air a' mheat an sgiobair a bhi a' cur teagaimh 'n a fhacal, "Na 'n fhaiceam tìr gu bràth," ars' esan, "mur faca mi an duine cho soilleir 's a tha mi 'g 'ur faicinn-se air a' mhionaid so."

Thog an sgiobair an sgléat, ach cha luithe a thog e i na thubhairt e mar gu'm biodh e a' bruidhinn ris fén, "Gu dé tha an so, *Stiùir Tuath's Ear Thuath*." "An tusa," ars' esan ris a mheat, "a sgrìobh so air an sgléat?"

Bhòidh am meat nach b' esan a rinn an sgrìobhadh, ach bha an sgiobair cho amharusach 's gu'n d' iarr e air na ceart fhacail a sgrìobhadh air an taobh eile de 'n sgléat, los gu'm faiceadh e a làmh-sgrìobhaidh.

Ach cha robh an da làmh-sgrìobhaidh idir coltach ri chéile. Bha an sgiobair a' fas rud beag eas 'n a nàdur, is chuir e fios air an dara meat, agus air an stiùbhard, agus air gach duine eile air bòrd, a b' urrainn dol a steach d'a sheòmar gun fhios dha. Cheasnaich e iad, is dh' iarr e orra uile na facail ud a sgrìobhadh le peanseal air an sgléat, ach mhionnaich is bhòidh iad uile nach deachaidh iad a steach do'n t-seòmar, agus nach mò a chunnaic iad coigreach air bòrd.

An uair a dh' fhairtlich e air an sgiobair solus fhaotainn air a' chùis, dh' fheuch e ris an rud a chur air falbh bho 'inntinn uile gu léir, ach a dh' aindèoin a chridhe thigeadh na facail a bha sgrìobhta air an sgléat fa chomhair a shùl, ge b' e taobh an sealladh e. An sin thòisich iad air iad fén a sheinn 'n a chluais agus 'n a cheann, *Stiùir Tuath's an Ear Thuath, Stiùir Tuath's an Ear Thuath*. Mu dhéireadh thug e òrdugh cùrsa a' bhàta atharrachadh agus stiùireadh gu Tuath 's an Ear Thuath, ged bha e ag ràdh ris fén

nach robh ann ach faoineas is amaideas. Ach eo dhiù db' iarr e air a' mheat dithis eile a chur còmhla ris an fheadhainn a bha air faire ann an toiseach a' bhàta agus anns a' chrran.

Chùm e air a' bharc mar sin còig uairean a dh' uine agus soirbheas maith aice, gus an do ghlaodh fear de na bha anns a' chrran gu robh Meall-Eigh (*iceberg*) direach air thoiseach orra. An uair a thàinig iad dlùth dhi bha an sgiobair ag amharc oirre leis na gloineachan, is faicear gu robh long mhór an sàs anns an *iceberg*, agus daoine air clàr na luinge a' feuchainn ri sanas a thoirt dha gu robh iad 'n an éigin. Chaith e cho dlùth dhaibh 's a b' urrainn e, chuir e a mach geòlachan, agus ann an trì uairean a dh' uine bha a h-uile duine a bha air bòrd innse air an sàbhalaidh.

An uair a bha luchd té de na geòlachan a' tighinn ri cliathach na luinge, agus am meat a' cuideachadh leò streap air bòrd, sheall e air fear de na daoine gu dùr, is thubhairt e ris an sgiobair, "Sin agaibh an duine a chunnaic mise a' sgiobhadh air an sgleat aig an dasc."

Cha dubhaint an sgiobair dad aig an àm, oir bha cùisean a bu chudthromaiche aige air làimh, ach an uair a bha obair na tròcair criochnaichte, is biadh agus aodach blàth air a thoirt do na daoine a bha air am meileachadh le fuachd is eagal, chuir e fios air an duine is dh' fhaighnich e dheth gu réidh siobhalta am bitheadh e cho maith agus na facail so a sgiobhadh air sgleat a thug e dha, *Stiùir Tuath's an Ear Thuath*.

Rinn an duine mar dh' iarr an sgiobair air; an sin thionndaidh an sgiobair an sgleat (bha a' cheud sgiobhadh air fhàgail oirre) is thubhairt e ris, gun innseadh dha gu'n do thionndaidh e i, "A bheil thu ag aithneachadh na làimhe-sgiobhaidh so?"

Chuir ceist an sgiobair ionghnadh air an duine; "cia mar," ars' esan, "nach aithnichinn mo làmh-sgiobhaidh fein; sin an rud a sgiobh mi o chionn leth mionaid."

An sin leig an sgiobair fhacinn dha gu robh na facail air an sgiobhadh air dà thaobh na sgleat. Chuir so ionghnadh na bu mhò air an duine; "cha do sgiobh mise ach na tha air aon taobh," ars' esan, "ach is e mo

làmh-sgiobhaidh a tha air an taobh eile gun teagamh."

Cha b'e aon de sgioba a' bhàta a bha anns an duine idir ach fear a bha a' gabhail a thuruis innse o *Mhontreal* gu *Liverpool*, an uair a bhual i am meall-eigh.

Cheasnaich an sgiobair sgiobair, agus stiùbhard, agus sgioba a' bhàta eile, a thuilleadh air an duine féin a cheasnachadh, feuch am faigheadh e a mach ciod a bha e a' deanamh aig an àm anns am faca am meat a choslas, a' sgiobhadh aig dasc an sgiobair.

Thubhairt an stiùbhard agus triùir eile gu'm faca iad e 'n a shuain chadail eadar dà-uair-dheug agus leth uair an déidh da-uair-dheug, agus e cho glas 's an aodann ris a' mharbh, is thubhairt an sgiobair gu'n tainig e 'g a ionnsuidh-san mu aon uair a dh' innseadh dha nach b' fhada gus am biodh iad uile air an téarnadh, a chionn gu'm faca e ann am bruadar gu robh e air bòrd barc mó r breatha a bha dol a thoirt cobhair dhaibh. Thubhairt an sgiobair gu'n d' innis an duine dha coslas an t-soithich, na siùl a bha rithe, an dath a bha air a' pheant a bha oirre a mach 's a stigh, ach nach do ghabh easan móran suime de na bha e ag ràdh, a chionn gu robh e an dùil nach robh ann ach breisleach duine a bha air dol bhàrr a shìul le eagal.

Chuir sgiobair an t-soithich a sheòl á Glaschu aon cheist eile air, "Tha thu," ars' esan, "ag ràdh gu 'n do bhruidair thu a bhi air bòrd an t-soithich so, am faca tu thu féin anns a' bhruidar sin a' sgiobhadh air an sgleat?"

"Chan fhaca," ars' esan, "agus cha mhò a tha fhios agam ciamar a fhuaire mi fios gu robh am bare a' dol 'g ar sàbhalaidh, ach rud a tha glé iongantach, tha mi mar gu'm b' aithne dhomh coslas an t-seòdmair so gu maith (seòmar an sgiobair) ged nach robh mi riamh ann gus a' mhionaid so."

\* \* \* \* \*

Ciod a their thu ris an naidheachd so, a leughadair? Chan 'eil fhios agam-sa ciod a their mi rithe ach a mhàin so gu bheil nithean a' tachairt ann an saoghal na h-inntinn agus ann an spiorad mhic an duine a tha dol os cionn ar sgil agus ar sgoil-ne.

## Aig an Uinneig

**Urram do mhinistear Gàidhealach**

**T**HÀ e 'n a thoileachadh dhomh daonnan Turram no onoir a thighinn gu ministeoir Gàidhealach, ach tha e 'n a thoileachadh sònruichte gu bheil Oil-thigh Ghlaschu a' toirt D.D. do m' fhear-dùthcha Eachann Mac Gill-Eathain, ministeoir an t-Stratha anns an Eilean Sgitheanach. Na 'n robh athair còir

beò, agus na'm faca e na litrichean sin as déidh ainm a mhic, bhiodh mo thoileachadh air a dhùblachadh.

Is e Eachann Mac Gill-Eathain as cléireach do Chléir an Eilein Sgitheanach, dreuchd a tha a' togail cuid mhaith d'a uinne, ach a tha toirt cothrom dha obair a dheanamh do'n eaglais an taobh a mach d'a choimhthional

féin. A thuilleadh air sin, riamh o bha e air a shuidheachadh ann an sgireachd, bha làmh aige ann an Riaghlaireachd, n'a sgireachd féin agus ann an siorramachd Inbhir-nis. Tha e air Comunn-riaghlaidh na Siorramachd an Inbhir-nis o chionn iomadh bliadhna, agus air Comunn-riaghlaidh nan Sgoilean, agus chan ann idir 'n a bhall sàmhach no balbh a tha e. Chan 'eil eagal no leisg air còirichean muinntir an Eilein Sgitheanaich a thagar aig coinneamh air bith anns a bheil e feumail sin a dheanamh, air chor agus gu bheil e 'n a aon de Chinn an eilein anns an t-seagh sin, a thuilleadh air a bhi 'n a mhiniestar diichiollach am measg a choimhthionail féin.

#### An t-Ollamh Donnchadh Mac Dhonnachaidh

Air a' mhios a chaidh seachad bha cruinn-eachadh gasda ann an Coit Ghartain, a thoirt tiodhaic agus beannachd cheithir sgìrean do'n duine mhaith so, air dha a bhi leth-cheud bliadhna anns a' mhiniestrealachd. Bha e air a shuidheachadh an Arasaig an 1888 ; chaidh e do'n Tairbeart an 1889 ; do Lus, ri taobh Loch Laoimh an 1896, agus do sgùn Obar-neithe an Srath-Spèith an 1907. Thug Oil-thigh Chill-rimhinn, far an robh e air oilean-achadh, D.D. dha an 1919, ach bhris air a shláinte an 1921, is b' fheudar dha uallach na sgìre a leigeil dheth. An ceann bhliadhna-chan, air dha dol na b' fheàrr ghabh e os làimh sealntuinn as déidh a' choimhthionail ùir a chuir Eaglais na h-Alba air chois an Coit Ghartain, agus a bha air aonadh ri Cinn-chardain a b' àbhaist a bhi an sgùn Obar-neithe. B'e Coit Ghartain agus Cinn-chardain an sgùr mu dheireadh anns an do shaothraich e, ach an ceann dà bhliadhna b' fheudar dha an obair a leigeil dheth a ris le droch shláinte.

Bho 'n is cuimhne leam bha Donnchadh Robasdan, mar theireamaid ris, ann an sreach leis féin am measg mhiniestaran Gàidhealach ; sgoilear agus diadhair aig an robh eòlas farsuing agus tuigse nàdurra a dheanamh feum de 'n eòlas sin ; duine anns an robh ciùine, agus ciall, agus glicas, agus coibhneas, gu nàdurra ; duine a naomhaich e féin air son seirbhis na h-eaglais le bhi 'g a chumail fein saor o gach obair shaoghalta agus o chabhag na beatha so ; duine nach cualas riamh a ghuth ag éigheach air sràid no aig seanadh, ach ris an éisdeadh daoine le ro aire anns a' chubaid, oir bha beatha agus spioradalachd 'n a theagast daonna. Bha meas mór aig ministearan

eile air, agus aig a h-uile coimhthional anns an do shaothraich e riamh ; is chuir iad uile am beannachd agus an tabhartas chuige gu Coit Ghartain, far an robh na tiodhlacan air an toirt dha.

#### Gaol an airgid

Mar is fhaide a smuainichear air an fhacal so a sgríobh Pol is ann is mò a chithear dearbhaidhean gu bheil e fior, "gu bheil gaol an airgid 'n a fhreumh do gach olc." Tha gaol an airgid a' gabhail a steach nan uile nithean a ghabhas ceannach le airgiod. Chan 'eil maise ann an sgillinn ruadh, no ann an tasdan geal, no ann an not paipear, gu'm bioldh gaol aig daoine orra air an son féin, ach tha gaol aca orra a chionn gu'n ceannaich an t-airgid nithean air a bheil miann aca ; biadh maith, is deoch làdir, is aodach riomhach ; saorsa, is diomhanas, is aighear ; inbhe, is cumhachd, is glòir shaoghalta, agus sòlasan eile de'n t-seorsa sin as toigh le feòil mhic an duine. Cha ruig duine gun airgiod ach air glé bheag de shòlasan na feòla, ged a dh' fhaodas e sòlasan as fheàrr agus as airde fhaotainn gun airgiod agus gun luach.

Tha aon olc anns an dùthaich an diugh a tha air tighinn gu àirde eagallach, mi-naomhachadh là an Tighearna, agus is e freumh an uile sin "gaol an airgid ;" daoine anns a bheil spiorad na marsantachd a' gabhail cothroim air amaideas agus aotrumas an co-chreutairean los airgiod a thoirt as am pòcanna agus a chur 'n am pòcanna féin. Theagamh gu bheil iad 'g am mealladh féin, a' saoilsinn gur e maith an t-sluaign a tha aca 's an t-sealladh, ach fad na h-ùine is e "gaol an airgid" a tha ag oibreachadh anna. Na saoileadh duine air bith gur e "gaol an t-sluaign," a tha toirt air na daoine d' am buin na rathaidean-iaruinn carbadan-iaruinn a chur a mach air an t-Sàbaid ; chan e idir, ach gaol an airgid. A h-uile bùth, no garage, no àite-golf, no tigh-òsda, no tigh-tea a tha fosgailte air an t-Sàbaid, tha iad fosgailte a chionn gu bheil an duine no an commun leis an leis iad sanntach air airgiod, agus toileach amaideas agus luaineachas an co-chreutairean a chur gu buannachd dhaibh féin. Tha cridhe mhic an duine an dà chuid domhain agus cealgach, is saoilidh daoine gu bheil iad a' toirt saorsa d' an coimhearsnaich air an t-Sàbaid *air ghaol saorsa*, 'nuair tha iad 'g a dheanamh *air ghaol airgid*.



## Na Criosduidhean

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AOIDH, M.A., AM PORT-RIGH

O linn an Tiomnaidh Nuaidh is e so an t-ainm air am bei luchd-leanmuinn Chriosd air an sloinneadh air feadh an t-saoghal, agus tha e air innseadh ann an Gniomharan nan Abstol gu'n do ghairmeadh Criosduidhean de na deisciobuil air tús ann an Antioch. Chan 'eil am facial "Criosduidh" air a chleachdadh ach trí uairean anns an Tiomnadh Nuadh, ach cha leig sin a leas iongantas a chur oirnn, oir cha robb an t-ainm ach direach air a thoirt dhoibh 'nuair a bha sgriobhadhean an Tiomnaidh Nuaidh 'g an cruinneachadh.

Do bhrigh 's gur ann an Antioch a chaidh an t-ainm so a thoirt do na deisciobuil an toiseach, tha sinn a' tuigsinn gu robb obair mhór air a cur air aghart leò anns a' bhaile sin, agus tha sinn mar an ceudna a' tuigsinn gur ann an Antioch a bha a' cheud choimhthionail an taobh a muigh do chriocheibh Iudea. Bha móran sluaigh anns a' bhaile agus tha sinn a' leughadh gu'n deachaidh Pol agus Barnabas a chur air leth leis an eaglais ann an Jerusalem air son an obair so a dhaighneachadh. Is e far-ainm no frith-ainm a bha anns an fhacal "Criosduidh" mar a chaidh a thoirt air na deisciobuil—bha móran sheòrsa dhaoine ann an Antioch 's iad air an ainmeachadh air a' chuspáir a bha iad a leantuinn, agus thugadh an t-ainm "Criosduidhean" air a' mhuinnitir a bha leantuinn Chriosd—Buidhean Chriosd. Thug Tacitus am fear-eachdraidh Ròmanach, ionradh orra anns an Ròimh anns a' bhliadhna A.D. 64. Is e an dòigh anns an do dh' ainmich esan iad "Christiani" no "Muinntir Chriosd." Ghabh na deisciobuil ris an ainm, agus thàinig e mu dheireadh gu bhi air a ghabhail leis an t-saoghal, mar shloinneadh na muinntir sin a tha creidsinn anns an Tighearna Iosa Criosd agus a tha deanamh seirbhis dhà.

## I

Is e na Criosduidhean, mar sin, iadsan a bha agus a tha, air an ainmeachadh air Criosd, do'n robb Criosd mar Cheann agus mar Righ, agus a thug am priomhlaithe dha 'n am beatha; a chuideachd sin de'm beil Esan, a Rioghachd, a Phearsa, agus a Spiorad, mar na cuspairean as luachmhoire. "Dhuibhse, uime sin, a chreideas, tha E luachmhor." Ciod iad na nithean as luachmhoire a tha againn? Air a' cheist sin tha ar beatha gu léir an crochadh. Bha a' chuid mhór de na deisciobuil 'n an daoine

bochda, gidheadh rinn iad móran saoibhir, a chionn 's gu'n robh sealbh aca air tiodhlac na beatha maireannaich agus air Spiorad an Tighearna. "Co," arsa an abstol, "do'n aithne intinn an Tighearna? Ach tha intinn Chriosd agaibhne." Thugadh Criosduidhean orra, mar sin, air tús, ann an Antioch.

## II

Is e an dara h-uair tha am facial "Criosduidh" air a chleachdadh 'nuair a thugadh Pol mu choinneamh Agrippa agus a thubhairt an rìgh, Agrippa, ris, "Is beag nach 'eil thu 'g am aomadh gu bhi am Chriosduidh." Tha móran de'n bheachd gur h-ann a' fochaid a bha Agrippa 'nuair a labhair e mar so, agus chan 'eil teagamh nach 'eil roinn mhath de'n fhírin anns a' bheachd sin, oir is e daoine fanoideach, dalma, cruaidh, a bhuinneadh do'n linn a bh' ann agus is iongantach gu'n do chuir Agrippa e féin eus mu'n cuairt a thaobh nan Criosduidhean, air an robb e-ag amharc mar shluagh nèonach nach b' fhiach aire sam bith a thoirt dhoibh. So againn na Criosduidhean an aghaidh an t-saoghal, an aghaidh naire agus masladh, an aghaidh cumhachdan aimsireil agus aingidheachd ann an ionadaibh àrda. Gidheadh 's ann aig a' Chriosduidh a tha a' bhuaidh. Am bi fiamh air na Criosduidhean roimh na Cumhachdan a tha làthair? Carson a bhiodh? Cò de'n dithis, a bha ri aghaidh a cheile an latha ud, a bha an sàs anns an obair bu chudhrromaiche? Tha a' cheist sin furasda a freagairt. Thug eachdraidh an t-saoghal freagairt dith o chionn fada. Dh' fhalbh Agrippa agus a' ghlòir a bha maille ris, ach tha an Cuspair a shearmonaich Pòl fhathast beò, agus an sgeul a dh' innis e do Agrippa fhathast cho nuadh 's a bha i an latha ud. Mar a thubhairt e féin; 'A' bheatha tha mi nis a' caitheamh, tha mi ga caitheamh tre chreidimh Mhic Dhe a ghràdhaith mi agus a thug E féin air mo shon," no ann am briathran Chriosd "Agus is o so a' bheatha mhaireannach eòlas a bhi aca ort-sa an t-aon Dia fior, agus air Iosa Criosd a chuir Thu uait."

## III

Is e an treas àite anns am faigh sinn am facial "Criosduidh" far am beiil an t-abstol Peadar ag ràdh "Ma dh' fhuilingeas duine mar Chrios-

duidh na biodh nàire air, ach thugadh e glòir do Dhìa as a leth so." Thàinig geur-leam-mhuinn agus fulangas; chaithd na deisciobuil a sgapadh, chaithd cuid a chur am priosan agus cuid a chur gu bàs. Bha glaodh nam mar-tarach ag éiridh suas o'n talamh. Gidheadh dhìult na Criosduidhean aoradh a dheananh do'n Impire an àite Dhe, agus dhìult iad mar an ceudna ainm Chriosd aicheadh. Dhìult Mordecai 'na latha fein cromadh sios fa chomh-air Hamain ann an geata an righ, oir thubhairt e gu'm b' Iudhach e, agus air a' cheart doigh, dhìult na Criosduidhean an aidmheil agus an dòchas iobradh air altair na h-Impireachd. The geur-leamhinn mhór air a deanamh an diugh air Criosduidhean bochd ann an iomadh

ceàrnaidh de'n saoghal, agus tha cuid dhiubh ann am priosan agus cuid ann am masladh; gidheadh tha an Spiorad togarrach, agus tha iad a' diúltàdh a bhi ag àicheadh an creidimh, no a bhi a' tréiginn na Fianuis a tha iad a' giùlan. Tha eaglais Chriosd an diugh fo àmhghar aig an tigh, ach gu h-àraidh ann an tìrean eile, a chiomh's gu'm beil na Criosduidhean a' roghnachadh fulangas roimh a bhi a' cur cul ri bunaitean an dòchais. Gu firinneach tha an t-ainm "Criosduidhean" a thugadh dhoibh air tús ann an Antioch a leagail orra-san agus oirrne dleasdanasan cudthromach, —gu'n gluais sinn airidh air an ainm sin, agus nach bi nàire oirnn do bhrigh agus gu'm beil fhios againn co ann a chreid sinn.

## Anns a' Chathair

**D**A sheann duine aig oisean sràide an Dùn-éideann air a' chòigeamh là fishead de Mhaigh—

"Tha am baile dubh le ministearan an diugh," ars' a' cheud shear; "ciod a tha 'g an toirt ann an dràsd?"

"So," ars' am fear eile, "seachduin an Ard-Sheanadh."

"Agus ciod a bhios iad a' deanamh anns an Ard-Sheanadh?"

"Ma ta, chan 'eil mi fhéin cinnteach, ach tha mi an dùil gu'm bi iad a' cur uile chùisean na h-eaglais ceart; bitheidh iad a' seinn agus ag ùrnuigh; bitheidh feedhainn a' liubhairt òraidean agus feedhainn eile ag eisdeachd riu, agus mar sin tha aobhar an t-soisgeil an Albainn air ath-bheòthachadh a h-uile bliadhna."

"Nach saoilinn gu'n rachadh aca air aobhar an t-soisgeil ath-bheòthachadh le bhi ag ùrnuigh agus a' teagastg 'n an sgìreachdan féin?"

"O, bitheidh iad a' deanamh sin fad na bliadhna, ach tha iomadh rud eile a dh' fheumas iad a dheanamh anns an Ard Sheanadh a thuilleadh air ùrnuigh."

\* \* \* \* \*

Cha robh gin de'n dithis ro chinnteach ciod a bhios a' dol air aghaidh aig an t-Seanadh, agus mar sin dh' fhan iad le chéile 'n an tosd, agus an druim ri ballachan *Na h-Iuchraichean Oir*, an dòchas gu'n tigeadh cuid-eigin an Rathad a dh' iarradh orra dol a steach. Ach cha do thairg duine dhaibh uiread agus gloine uisge-soda.

An ceann greis thubhairt fear dhiubh gu robh e a' feuchainn ri chuitmhneachadh c' uin a bha e anns an eaglais. "An uair a phòs mi bhithinn fhéin agus a' bhean a' dol do eaglais na sgìreachd an Cille-sgumain far an do rugadh agus an do thogadh mi, ach an déidh dhuinn tighinn do Dhùn-éideann bha an eaglais ris an do cheangail sinn sinn fhéin cho mór 's nach b'

aithne dhuinn duine beò innte ach am ministear, agus aon fhoirbheach, agus am fear a bhiodh a' togail màl an t-suidheachain bhuainn. Bha an coimhthional cho mór agus cho sgaoilte 's nach b' urrainn do'n mhiniestar dol thairis orra uile; chan fhaca sinn anns an tigh e ach aon uair riagh. Theaganh gur ann agaímn fhéin a bha a' choire, ach dh' fhàs sinn ear coma air a bhi dol do'n eaglais; rachamaid innte air uairean air là comanachaидh, ach mu dheireadh stad sinn de dhol imte air fad, is tha còig bliadhna fishead bhuaithe sin."

"Nach saoilinn gu'n ionndrainneadh iad thu, agus gu'n tigeadh duine-eigin 'g ad fhaicinn feuch ciod a bha ceàrr!"

"Cha tàinig; chan 'eil aon duine ach beag ann measg mile."

"Is aithne dhòmhsha ciobair ann an Seasdul aig a bheil mile caora air a chirram, ach ma bhios aon té air chall, bitheidh e a mach air a tòir o mhoch gu dubh gus am faigh e i, beò no marbh."

"Tha e na's phasa do chiobair caora chaillte flaotainn air a' mhonadh na tha e do mhiniestar duine a stad de dhol do'n eaglais a lorgachadh ains a' bhaile-nhòr."

"Theaganh gu bheil, ach tha amharus agam gu'm faiceadh tua am ministear agus na foir-bhich agus Cléireach an t-Seisein na bu trice na'n robh thu a' toirt dhaibh fishead punnd Sasunnach s'a' bhliadhna air son na h-eaglais."

"Faodaidh sin a bhi fior, ach chan urrainn mise a' choire a chur air duine air bith ach orm fhéin; dh' fhàs mi coma air a bhi dol do'n eaglais, ged nach robh dad agam 'n a h-aghaidh, agus a mis is fheàrr leam am paipear-naidheachd agus an radio."

\* \* \* \* \*

Tha suas ri dà mhuillean duine eile an Albainn an diugh a dh' fhaodadh a cheart ni a ràdh a

thubhairt an duine ud, daoine a bha air am baisteadh an ainn Chriosd, agus a bha aon uair a' feithcamh air meadhonan nan gràs, agus 'gan uisneachadh chum maith an anama, ach a thuit air falbh bho'n eaglais agus bho chleachdaidhean na diadhaidheadhd. Cò aige a tha a' choire? Tha truime na coire aca féin, ach tha coire cuideachd aig an eaglais; aig ministearan agus foirbhich agus luchd-comanachaидh a tha dearmadach air a' chiobaireachd gus an do ghairm Criod iad a choimhlianaidh gu dichiollach ann an gràdh.

Uair a bha ministear òg 'ga phòsadh ri coimhthionnal àraiddh ghearrain e air cho beag 's a bha aige de dhaoine ri bhuauchailleachd. "Bithdhi an àireamh mór gu leòr," arsa seana mhiniestar, "an uair a dh' iarrar art cunnatas a thoirt orra air là a' bhreitheanais." Sin smuain nach bu chòir do mhiniestar, no do fhoirbhich, no do luchd-teagaisg anns an sgoil Shabaid, a leigeil as an cuimhne aon mhionaid, gu'm feum iad cunnatas a thoirt air gach caora no uan a chuir an t-Ard Bhuachaill air an cùram. Agus is sona dhaibh ma's urrainn iad a ràdh, "Dhiubh - san a thug thu dhomh cha do chailleadh a h-aon diubh."

Tha an dà bheachd so gu làidir ann an inntinn nan daoine a thuit air fabh o'n eaglais. (1) nach 'eil feum aig an eaglais orra ach air son an airgid a gheibh i bhuaapa, agus (2) nach 'eil iad dad na's miosa a thaobh an cor siorruidh a chionn nach 'eil iad anns an eaglais. Tha an dà bheachd sin fada fada ceàrr.

Tha feum aig an eaglais air airgiot coltach ris gach comunn eile anns an t-saoghal, ach air a shon sin chan ann air ghaol an codach a tha i ag iarraidh dhaoine ach air ghaol an tiodhlaic spioradail a dh' earb Dia rithe a chomh-phàirteachadh riu. An uair a chluinnean ministear air an t-Sàbaid ag iarraidh airgid air son ni-eigin, chan ann 'n a ainn féin no air son a chomhfhurtachd féin a tha e 'ga iarraidh, ach an ainn nam bràithrean uile agus air son obair an Tighearna. Duine air bith a their nach eil iarraidh air na bochdan anns an eaglais, tha e a' togail fianuis bhreige 'na h-aghaidh.

Ciod air bith a their daoine eile, chan 'eil mise a' creidsinn gu bheil iadsan a thuit air falbh o cho-chomunn na h-eaglais, le am mi-chùram agus an dearmad féin, ann an suidheachadh sona aig uair am bàis, air cho maiths 'ga bheil an clù saoghalta. Ach is e so puing air nach bi an slugh no ministearan a' labhairt gu saor, air chor agus gu bheil a h-uile duine air fhàgail 'n a sholus féin.

Mar is trice an diugh cluinnear an aon seirbhis agus an aon urningh aig tiodhlacadh nam marbh, co dhiubh a bhuiheadh am marbh do'n eaglais no nach buineadh. Chan e mhàin gu bheil sin a' cur smuaintean ceàrr ann an inntinn dhaoine, ach tha e a' fiaradh firinn Dhe.

Tha fhios agam gu bheil e duilich labhairt air a' chùis so idir, a chionn gu bheil daoine ullamh gu bhi ag ràdh nach 'eil e ceart do mhiniestar aon scòrsa urningh a dheanamh aig uaigh duine a bha a' bhal dileas de'n eaglais agus seòrsa eile urningh a dheanamh aig uaigh duine nach buineadh do'n eaglais; gu bheil e mar sin 'ga dheanamh féin 'na bħreitheamh, oifig nach buin ach do Dhia.

Cha labhair ministear turail air bith aig bruach na h-uaighe mar gu'm biodh e a' toirt breith air a' mharbh, ach cha mhò a labhras ministear turail agus coguisearch mar nach robb mughadh air bith eadar na daoine a lean orra ag uisneachadh meadhonan nan gràs ris a bheil gealladh Dhe an ceangal agus na daoine eile nach d' ath-nuadhaich böidean am baistidh riagh agus a dhealaich iad féin, le comhairle shuidhichte, no le mi-chùram, o cho-chomunn na h-eaglais, corp Criod air thalamh. Is luachmhor ann an sealladh an Tighearna bàs a naomh, agus is aotrum agus sona mo chridhe gach uair a bhitheas mi a' toirt buidheachais do Dhia air son an dochas bheannaichte a thug e dhaibhsan a bhàsaicheas ann an Criod, ach is e an dleasdanas as lugha orm de dhleasdanasan na ministrealachd uile gu léir urningh a dheanamh aig tiodhlacadh os cionn duine a bha air a bhaisteadh agus a thionndaidh air falbh o'n eaglais. A bheil an duine sin ullaichte air son na siorruidheachd?

\* \* \* \* \*

Their daoine gu'n do stad iad a dhol do'n eaglais a chionn nach 'eil aran beatha aig na ministearan ri thoirt dhaibh, no a chionn nach 'eil 'n an coimhairsnaich a tha dol innte ach Phàrisich as miosa na iad fhéin, no a chionn gur fheàrr leò an urninghean a dheanamh an uaigheas, no a chionn gu bheil an eaglais ro fhuar, air neo ro theth, air neo ro fhada air falbh, ach chan 'eil an sin ach lethsgulan leis a bheil iad a' feuchainn ri iad fhéin fhìreanachadh. Is e an fhìor aobhar nach 'eil iad a' dol innte, gu'n do leig iad leis an leisg buaidh fhaotainn thairis orra, agus nach 'eil suim aca do Dhia no do dhiadhaidheachd. Is e an leisg as màthair-aobhair do'n chuid mhór de'n mhi-riaghailt agus de'n pheacadh a tha a' dealachadh dhaoine o Dhia, oir ciod a tha ann an duine leasg ach duine nach 'eil a' cumail smachd air inntinn, no air a chridhe, no air a thoil fhéin. Tha barrachd dhaoine a' tuiteam air falbh o Dhia agus o chleachdaidhean na beatha dhiadhaidh leis an leisg na tha a' tuiteam air falbh le drongaireachd no le ruitearachd.

Tha daoine eile a' tuiteam air falbh o'n eaglais a chionn nach 'eil Dia a' toirt dhaibh an toil fhéin. Is e crioch àraidd am beatha a bhi sona daonnan; làithean sona iollagach fhaotainn air thalamh, is tha iad an duil gur e dleasdanas

an Tighearna sin a thoirt dhaibh, agus an dùil gu bheil *còir* aca air. Ach mur toir Dia sin dhaibh, gabhaidh iad saoibhneas ris, is fásaidh iad croadsa 'n an nàdur, is their iad riu fhéin nach téid iad do'n eaglais tuilleadh. Chan e toradh siocail na fireantachd a tha triobladean na beatha ag oibreachadh annnta so ach searbhadas eridhe agus droch nàdur. Tha barrachd de'n t-seorsa dhaoine so anns an t-saoghal na shaoilear; daoine truagh agus daoine neoshona, ach ged tha feum aca air Dia, agus air a' chnuimh a tha 'n an eridhe a bhi air a thoirt as, cha téid iad do'n eaglais. "Cha deachaidh mise do'n eaglais," ars aon dhiubh, "o'n là a thug Dia bhuam mo leanabh gaolach."

\* \* \* \* \*

An uair a thig Mac an duine am faigh e creideamh air an talamh? Na'n tigeadh Mac an duine do'n Ghàidhealtachd an diugh gheibheadh e intre móran dhaoine aig a bheil creideamh ann, agus anns an t-saoghal spioradail a dh'fhoillsich e, ach gheibheadh e iad sin uile anns na h-eaglaisean. Ach gheibheadh e

mórán dhaoine eile aig nach 'eil creideamh no faireachadh spioradail na's mò na tha aig na na clachan marbha. Sin an seòrsa a tha tuiteam air falbh o'n eaglais; bha iad a' tuiteam air falbh bhuaipe riamb, ach tha iad a nis air fàs na's suarraiche air cleachdaidhean dhaoine eile a leantuinn a chionn gu bheil fasain nan timeannan a' ceadachadh dhaibh tigh an Tighearna a sheachnadh gun näire a bhi orra. Tha an clann a nis ag éirigh suas, agus a' leantuinn eisiomplair am párantan, clann a tha cho aineolach air Dia agus air a' Chreideamh Chriosduidh 's a tha na cinnich anns na h-Innsibh no anns an Afrie. Tha iad an dùil gur e "Criosduidhean" a tha annnta fhein, ach chan 'eil barantas air bith aca air son a' bheachd fhaoin 'sin ach gun abrar "dùthach Chriosduidh" ri Albainn. Ach tha a' cheart uiread as-chreidmheach agus ana-Criosduidhean an Albainn 's a tha ann de Chriosduidhean, agus e ceud dhleasdanas eaglais Chriosd dol a mach air na sràidean as an déidh, agus cùram a ghabhail dhiubh mar tha an t-Ard-bhuachaille ag iarrайдh oirnn.

## Anns a' Choille Bheithe

**T**HÀ barrachd Gréigis agam na bha aig m' athair, ach bha barrachd eòlaist aige-san air an t-sid na tha agam-sa. Sin aon cheum de'n Eòlas anns a bheil sinn a' dol air ar n-ais an diugh; chan aithne dhuinn combarraidhean na h-aimsir a leughadh mar b'aithne d' ar n-aithrichéan. Tha balaich anns na h-Eileanan Siar a tha cho eòlach air Chiang Kai Shek, agus air na tha dol air aghaidh ann an China, no ann an Abyssinia. 's ged nach robh iad ach air tilleadh as na ceàrnabh sin an dé, ach na'm faighnicheadh tu dhiubh ciod an taobh a tha a' ghaoth, no c'uin a bhios e mùir-làn, no c'uin a tha a' ghealach ùr a' tighinn a steach, no am bi an t-uisge ann roimh fleasgar, cha b' urrainn iad innseadh dhuit. Mhill an Radio agus goireasan ûra eile de'n t-seorsa sin an tûr agus am mothachadh. Rud neònach da rireadh, nach biodh fhios aig a' ghineal òg an Tiriodh no am Barraidh ciod an taobh a tha a' ghaoth gus an cluinn iad e air an Radio! Cha robh aig na seann daoine ach sealtruinn air a' ghréin, agus air na neòil, agus air a' Bheinn Mhòr Mhuilich, is bhiodh fhios aca chan e a mhàin ciod an taobh a bha a' ghaoth an diugh, ach ciod an taobh a bhiadh i am màireach. Uair-eigin de'n t-saoghal bha na *daoine* a cheart cho beachdail ris na *beathaichean* a thaobh na sìde, a thaobh cursa Naduir, agus cuairt nan Ràidhean, ach an diugh tha na ròcaisean agus na coineanan fada na's eòlaiche agus na's tuigisiche na mac an duine a thaobh atharrachadh nan tràithean.

Ma tha an sgoil a' toirt dhuinn aon rud tha i a' toirt bhùainn rud eile.

### Eòlas nan ciobairean

Ma bu mhaith leat seanchas maith a chluinn-tinn mu'n t-sid, agus mu chomharraighean nan speur, chan 'eil àite air an t-saoghal anns an fheàrr an cluinn thu sin no aig *Fang* chaorach air là rusgaidh, far am bi fichead ciobair cruinn, agus a chliù fhéin aig a h-uile fear dhiubh ri chumail suas mar dhuine d' an aithne comharraidhean nan speur a leughadh. Anns an leabhar a sgriobh mo sheana charaid caomh, an t-Ollamh Tomas Sinton nach maireann, tha e ag innseadh mar bhiodh na ciobairean a' crathadh an cinn air là an lomaidh an Obar-Ardair, am baile-fearainn a bha aig athair, na'n tigeadh boinneagan uisge orra roimh mheadhon-là. "Chuireadh so gach duine aig an robh sgil air an t-sid gu bruidhinn, is bheireadh iad a nis am follais gu robh eagal orra o thoiseach nach cumadh an là suas, ged nach d' thubhairt iad diog mu'n amharus sin gus an tainig an phras bheag. An sin thogadh Coinneach Odhar air chor-eigin a ghuth, is theireadh e ris a' chuid-eachd uile, "Am faca sibh a' ghealach oidhche Di-ardaoin?" Mur robh duine ann a theireadh gu'm faca, theireadh Coinneach Odhar, ann an guth cho sòlaimte 's ged b'e là a' bhréitheanas a bha ann, "U, chan fhaca, ach *chunnac mise*?" Chuireadh an aon fhacal sin Coinneach Odhar

'n a shuidhe gu bràth tuilleadh am measg Ollamhan na Side, co dhiu a chumadh an là suas no nach cumadh.

### Toiseach bruidhne

Tha cuid de dhaoine air a bheil malaidean cho àrd 's gu'm bi iad a' magadh ort ma mholaistu an là dhaibh, no ma bhruidhneas tu air an t-sid 'n an láthair. Seachnadh an seòrsa sin an duilleag so. Is toigh leamsa a bhi bruidhinn air an t-sid, agus is toigh leam daoinne a bhi ag innseadh dhomh gu bheil an latha maith, ged tha fhios agam air sin cheana. An uair a thachras daoine air a chéile feumaidh iad seanchas a dheanamh air rud-eigin, is theagaing fiosrachadh nan linntean dhaibh nach 'eil rud eile ann as freagarraiche dhaibh toiseachadh leis na'n t-sid, a chionn gur e sin cuspair anns a bheil uigh aig a h-uile duine.

Na'n tòisicheadh coigreach air bruidhinn riut ann an làrach nam bonn air an lòinidh, agus mar bha e air a phianadh leatha 'n a chruachan, dh' fhàsadh tu sgith dheth ann an iùne ghoirid, a chionn nach 'eil an lòinidh ort fhéin; b'fheàrr leat fada cian gu'm fanadh e sàmhach, agus gu'n tugadh e cothrom dhuit innseadh dha mu na meilcheartan a bha 'n ad 'chasan an uiridh. Ach is coma leis-san do mheilcheartan-sa, a chionn nach robh iad air fhéin riamh.

Na'n tòisicheadh e air bruidhinn riut m'a mhnaoi theagamh nach deanadh sin ach do sgitheachadh na bu luatear air fad, an dara cuid, a chionn nach 'eil bean agad fhéin, no a chionn gu'm b' fheàrr leat nach robh. Mar sin tha e glic do dhaoine, an uair a thachras iad, an siubhal a leigeil le am mnathan, agus an clann, agus an eucalean-cuirp, agus an cùraman saoghalta, mar chuspairean-seanchais, agus leantuinn air bruidhinn mu 'n t-sid gus an amais iad air rud-eigin eile a thàirngeas ri chéile iad.

### Cailleach na Gréigis

Bha oileanach òg á aon de na h-Eileanan Siar ann an Oil-thigh Dhùn-éideann, a bha cho àrd ann an class na Gréigis 's gu'n d' fhuair e cuireadh o'n Phrofessor ~~gu~~ dinneir. Cha robh air an iarraidh ach seisear. Air oidhche na dinnearach bha am bòrd agus a' chuideachd cho riomhach, agus uiread ghloineachan agus sgeanan agus shoithichean air a' bhòrd 's gu'm b' fheàrr leis gu robh e aig deireadh a' chlass seach aig a' cheann eile. Chuireadh na shuidhe e aig a' bhòrd làimh ri boirionnach àrd caol a bha cho sean ri sheanmhair. Shuidh i air a cathair cho direach anns an druim ri slat gunna, gun aon fhacal a ràdh ris, no uiread agus sealltuinn air. An ceann greis bha an fheadhainn eile a bha aig a' bhòrd a' seanchas cho làdir 's gu'n d' thubhaint an t-oileanach Gàidh-

ealach ris féin gu'm feumadh e rud-eigin a ràdh ris an té a bha ri thaobh. Ach cha robh fhios aige air an t-saoghal ciamar a thòisicheadh e, oir cha robh dad sònruichte a bha e air son a ràdh rithe. Bha fhios aige nach bioldh e modhail dha fhaighneachd dhi ciod an aois a bha i, no an robh i pòsda, no ciod a rinn a druim cho direach, no an robh am biadh a' cordadh rithe, agus mar sin thuirt e rithe, *Tha sidh mhaith againn an dràsd.* Ach cha do leig i orrre gu'n cual i e.

Bha iad le chéile sàmhach greis mhaith eile, agus an sin d' fheuch e air a ris, "Bha an là," ars' esan, "gu maith blàth an dé." Ach cha do leig i orrre gu'n cual i e. Tri no ceithir a dh' uairean fad na dinnearach dh' fhàisg e briathran eile mu'n t-sid a mach as a bheul, ach cha do leig an té àrd chaol orrre gu'n cual i e. Agus cha mhò a chuala, oir aig deireadh na dinnearach thog i trompaid a bha an slaodadh rithe, chuir i ri cluais i, is thubhaint i ann an guth cruaidh àrd a chuala na bha aig a' bhòrd, "Tha mise cho gaolach air Homer's nach bu mhaith leam aon fhacal de na thu ag ràdh uime a chall." Sin mar thug na h-oileanaich eile Homer air an companach Gàidhleachal, is bha e 'na fhacal aca fad bhliadhnaachan, "balach na side agus cailleach na Gréigis."

### Daoine sgìtheil

An uair a their duine riut gu bheil an là fuar no blàth, no gu bheil an t-earrach so, no an samhradh so, na's blàithe na earrach no samhradh eile as cuimhneach leis riamh, ma's duine-usal thu, leigidh tu am facial seachad, gun feuchainn ris an duine a chur ceart, eadhon ged tha fhios agad gu robh earrach na bliadhna 1852 fada na bu bhlàithe. Chan 'eil anns an fhacal ach facial fhéin, facial nach ruigear a leas a ghabhail gu litireil, no a chur air a' mheidh, a chionn nach 'eil ann ach cuireadh, taobh air thaobh, gu seanchas a dheanamh mu nithean eile.

Chan 'eil duine air an t-saoghal as sgìtheile a bhi 'ga éisdeachd na duine aig a bheil cuimhne mhaith agus innseadh mhaol litireil, an seòrsa duine aig a bheil fhios cia meud aitheamh a tha anns a' chuan seachd mile siar air na h-Eileanan Flannach, no cia meud car a chuireas roth cartach dhi ann an sé mile, no cia meud earball radain á ceann a chéile a ruigeadh eadar Port-riagh agus Dùn-bheagain. Na'n abradh tu ri duine de 'n t-seòrsa so gu robh Maigh ana-barrach fuar agus tioram agus greannach am bhadhma, chuireadh e a' ghlas-ghuib ort ann am mionaid, is dh' innseadh e dhuit gu robh Maigh 1935 fada na b' fhuaire; gu robh an reodhadh na bu chruaidhe air an t-seachdamh là deug de Mhaigh 1935 na bha e riamh anns a' mhios sin bho thòisich iad air cunntasan a chumail ann an Greenwich, an 1841. Ciod a ni thu ri duine

de 'n t-seòrsa so ach teicheadh bhuaith agus dol am foluch? Ach gheibh e greim air duine-eigin eile air an taom e an t-eòlas agus am fiosrachadh a tha ann an stòr a chuimhne. Tha an t-eòlas agus am fiosrachadh agus na fígearan a tha aige daonnan ceart agus fior, cho ceart agus nach ruig thu a leas teagamh a chur 'na fhacal, ach air a shon sin chan 'eil ann fén ach an t-amhlair. Mharbh na tha aige dh' eòlas solus 'eanchainn.

### Na sean-fhacail

Tha cuid de na sean-fhacail a tha againn an Gàidhlig mu'n t-sid cho sean ris na creagan; gheibhear iad anns a' Bhiobull, agus sgrìobhta air clàir-chreadha ann am Babilon ceithir mile bliadhna m' an tainig Criod do'n t-saoghal. Gheibhear iad ann a sgrìobhaidhean Aristotle; ann an leabhar a sgrìobh fear de sgoilearan Aristotle gheibhear ceithir fichead comharradh air droch shid. 'Chan 'eil ni nuadh fo'n ghréin. Anns a' bhruidhinn a bhios againn air an atharrachadh mhuladach a tha tighinn air an t-saoghal o bha sinn fhéin òg, agus mar tha a' ghinealù gun choguis, gun sgòinn, gun stéidhealachd, chan 'eil sinnag ràdh dad nach robh air a ràdh cheana, ó chionn nam miltean bliadhna. Ann am Museum ann an Constantinople tha crioman de phapyrus air a bheil so air a sgrìobhadh, papyrus cho sean's a tha air an t-saoghal. "Mo thruaighe, chan 'eil clann an diugh mar bha iad."

Cha mhór de sheann daojae nach 'eil a' creidsinn gu robh barrachd fuachd is sneachd is reodhaidh anns na geamhraidhean 'n uair bha iad òg na tha annta an dìugh, agus gu robh na samhraidhean na bu bhlàithe. Cha mhór de sheann daoine nach 'eil a' creidsinn cuideachd gu bheil buaidh aig a' ghealaich air an t-sid. Ach tha na daoine sgileil ann an Greenwich a tha cumail cunntais air gach car no atharrachadh air an t-sid ag ràdh gu bheil an dà bheachd sin céarr. Tha iad ag ràdh cuideachd gur ann as an iar-thuath a tha a' ghaoth as fuaire a' tighinn. Tha de mheas agam-sa air luchd-sgil 's nach bu mhaith leam cur 'n an aghaidh, ach na'n creidinn mo phòran agus m' fhaireachduin fèin theirinn gur e a' ghaoth 'n ear agus an earthuath na gaoithean as bioraiche. Théid iad ann ad smior-cailleach mar gu'm biodh gimleid. Ach theagamh gur ann le m' inntinn agus nach ann idir le m' bhodhig a bhios mi a' tomhas nimh na gaoithe, oir cha toigh leam a' ghaoth 'n ear. Ach mar is sine a tha duine a' fàs is ann as diorrasaiche a tha a' ghaoth 'n ear 'ga leantuin.

### Clann na coille

A dh' aindeoин gu'n cluinn sinn o'n Radio a nochd ciod an seòrsa là a bhios ann am

màireach tha fios na's fheàrr aig na caoraich, agus na féidh, agus na h-eòin, agus na béis-teagan, air atharrachadh na side na tha againne. Tha iad an urra ris an t-sid na's mò na tha sinne, is tha e coltach gu'n do chuir Dia 'n an aoraibh rud-eigin a tha toirt dhaibh rabhaidh ma tha droch shid a' tighinn, a chuireadh ann an cunnart iad.

Am measg nan craobh chan 'eil gin idir a tha cho cùramach uimpe féin ris an uinnsean. Ma tha a' bhliadhna tràth agus a' ghrian blàth curidh na craobhan eile a mach an duilleach gun eagal reodhaidh no droch shid, ach glé thric loisgidh iad an corrigan, ma dh' fhaodas mi am facial a ràdh, is chi thu na duilleagan aca ruadh-dhearg is seartga le reodhadh Mhaigh. Ach cha dean an t-uinnsean sin; is ann de sheann stoc chraobhan na h-Alba i, aig a bheil cuimhne fhada air an t-sid, is fanaidh i gun tighinn a mach gu Iune.

### Glòir nan speur

Feasgar an raoir agus mi a' tighinn dhachaидh an dol fodha na gréine chunnaic mi daithean anns an speur, agus cumadh air na neòil, a thug orm leum bhàrr nan cuibhlichean agus seasamh ri taobh an rathaid, a' beachdachadh air maise agus ionghnadh an t-seallaidh a bha ri fhaicinn anns an iarmait. Bha dath agus cumadh nan neul ag atharrachadh a h-uile mionaid, o ghlòir gu glòir, gus mu dheireadh an robh an àird an iar uile mar gu'm biodh fairge òir le eileanan gorma agus uaine a snàmh air a broilleach. Dh' fheuch mi ri ainmean Gàidhlig fhaontainn do na daithean maiseach ud a thug uiread tlachd do m' shùil, ach dh' fhairtlich e orm facail fhaontainn, is thuirt mi rium fhéin nach 'eil a' Ghàidhlig ach bochd ann an ainmean dhaitean. Ach an ath mhionaid thàinig na facail so a' Birlinn Chlann Raghnaill 'n am inntinn, agus an sin thuirt mi rium fhéin nach ann anns a' chànan a bha an fhàiling idir ach annam fèin do nach aithne a làimhseachadh le neart no grìnneas.

Grian a' faoisgneadh gu h-òr-bhuidh'  
As a mogull,  
Chinn an speur gu dùbhaidh dòite  
Làn a dh' ogluchd,  
Dh' fhàs i tonn-ghorm, tiugh, tàrr-lachdunn  
Odhar, iargalt;  
Chinn gach dath bhiodh ann am breacan  
Air an iarmait.

Mar their iad ann an Eilean nan Gamhna nach b'e Mac Mhaighstir Alasdair fhéin am boy!

This column  
could go up  
to 15 lines  
please

## Aig an Uinneig

**B**HIODH e duilich a ràdh co bhuaith a fhuair Làban Mac Coinnich na buadhan intinn agus a ghné nàdurra a rinn fhortan dha ann an Glaschu, ach co dhìu cha b' ann bho athair. B' aithne dhomh athair gu maith—duine laghach, deanadach, gun mhòran ann, a chuir seachad a bheatha uile 'n a threabhaiche aig a' Chòirneal. Tha buadhan-intinn dhaoine coltach ris a' ghaoth no ris a' ghaol; chan urrainn dhuit a ràdh ciamar no cia as a thàinig iad. Cha robh de choslas athar air Làban ach gu'n robh an aon ainn orra. Bha athair maith air obair le a làmhan, is bhiodh e a' bòilich gu robh a ghàideanan cho fada 's gu'm fuasgladh e gartan fo ghlùin 'na sheasamh gun chromadh. Cha robh gairdeanan Lèban ach goirid, ach ma bha a ghàideanan goirid, bha e fada 's a cheann.

A cheart cho luath 's a dh' fhág e sgoil Bhaile-chloichridh thubhairt e ris fhéin gu robh Adholl ro chumhann do dhuine air bith a bha air son faotainn air aghaidh anns an t-saoghal, agus an sin thubhairt e ri athair gu robh e a' falbh do Ghlaschu.

"Gu dé a tha thu a' dol a dheanamh an Glaschu?" ars' athair ris.

"Gu dé ach a dheanamh m' fhortain," arsa Lèban, "le mo thapachd fhéin agus le còmhnamh an Naoimh Mungo."

"Agus ciamar a tha thu an dùil a ni thu e? " fhreagair athair.

"Chan urrainn mi sin innseadh dhuibh fhathast, ach leugh mi ann an leabhraichean na sgoile gu bheil 1.125.865 de shluagh an Glaschu, agus a thaobh 's nach 'eil anns an dara leth dhiubh sin ach amadaidh shaolinne nach bitheadh e duilich do dhuine gleusda a tha fada anns a' cheann beò-shlàint mhàith fhaotainn 'n am measg.

Thuit aodann athar, ach dh' fhás Lèban tèth agus sunndach le neart a dhòchais agus le bhriathran fhéin. "Còrr agus muillean duine," ars' esan, "agus an cridheachan an geall air biadh agus air deoch agus air slàinte curip; air aighear saoghalta agus air comhfhurtachd na feòla; muillean duine air a bheil lòimidh, no còrns, no asthma; air a bheil eagal gu bheil iad a' fas ro reamhar, no eagal gu bheil iad a' fas ro chaol; air a bheil eagal gu'n tig sgall orra, no cancer, no diabetes; daoine a dh' fheumas dibhearsoin fhaotainn an uair a thig leann-dubh orra, agus a tha a' creidsinn na leughas iad anns a' phaipearan-naidheachd ged nach 'eil iad a' creidsinn na leughas iad anns a' Bhiobull,—tha mise ag ràdh ribh, athair, gur e ubhal òir a tha ann am baile Ghlaschu, agus le mo thapachd fhéin agus le còmhnamh an Naoimh Mungo, tha mi a' dol a thoirt greim aside. Car son a leiginn le marsantan, agus

luchd-lagha; le meirlich, agus baigearan, agus bancairean, caoraich mhaola Ghlaschu a lomadh?"

\* \* \* \* \*

Is ann mar sin a bha; gun uiread agus lethchrùn aige 'n a phòca an uair a chaidh e do Glaschu, agus gun dad aige ach a bhathais chruaidh fhéin, agus an earbsa làidir a bha aige anns an Naomh Mungo, bha Lèban Mac Coinnich 'n a dhuine beartach ann am beagan bhliedbhanachan, agus a' sìor dhol na bu bheartaiche mar b' àirde a bha a bhathais a' fàs, agus mar bu làidire a chreideamh anns an Naomh Mungo. Bha tigh aige ann am Pollokshields, agus bean cho riomhach 's gu robh seòrsa de fhiamh air roimhpe a dh' aindeòin na stàilinn chruaidh a bha air a bhathais.

Rinn e fhortan air pileachan. Thòisich e le pile air an robh e a' dol an urras gu'n cumadh e daoine aig a' chudthrom cheart, gun chìuram air bith a bhi orra ciod a dh' itheadh iad, agus a thaobh 's gu bheil a' chuid mhór de mharsantan Ghlaschu ag itheadh tuilleadh 's a chòr bha iarraidh mhór air a' phile ud.

Cha robh car ann an ruidhle na marsantachd nach b' aithne dha; bha deich cléirich aige a dh' aon ghothach air son cliù nam pileachan a mholadh anns na paipearan-naidheachd; air ballachan anns a' bhaile-mhór; air eraobhan aig crois an rathaid air an dùthach; agus le litrichean teine anns an adhar os cionn nan tighean-cluiche anns an oidheche.

Cha b' e bith a theireadh e ris an àite anns an robh e a' reic nam pileachan ach *Emporium na Sláinte*; bha Emporium na Sláinte air a sgriobhadh os cionn an doruis ann an litrichean a' bhitheas; is bha an t-àite anns an robh am bith cho comharraichte air sràid-mheadhoin a' bhaile, agus cho ion-mhiannaichte le luchd-reic, 's gu'n robh e a' páidheadh mìle punnd Sasannach de mhàil air. Air beulaibh an doruis bha bocsa mór aige, agus clàr-uachdar gloine air, anns an robh nathraighean 'gan smòmh fhéin; nathraighean a thàinig as an dùthach as an robh Lèban Mac Coinnich (ma b' fhior na bhiodh na deich cléirich a' sgriobhadh anns na paipearan-naidheachd) a' tarruig nan stuthannan air an robh na pileachan air an deanamh. Cha robh duine a rachadh suas an t-sràid nach stadar greis a shealltainn air na nathraighean a thàinig á Somaliland, agus Guatemala, agus Lokinga, agus Tumango, na h-aon àitean air an t-saoghal anns an gabhadh an stuth luach-mhor a bha Lèban a' cur anns na pileachan faotainn. Agus cha robh duine a shealladh air na nathraighean nach smuainicheadh air na pileachan, agus cho luath 's a smuainicheadh

iad orra thigeadh e 'n an inntinn gu'm b' fhéaird iad fhéin bocsa dhiubh.

Cha b' e ainm Beurla, no ainm a thuigeadh muinntir Għlaschu, a thug Läban air na pileachan, ach ainmean Greugach agus ainmean Etiopach, agus gun urrainn no dearbhadh air bith ach na bha na cléirich a' sgrìobhadh umpa, bha muinntir Għlaschu a' creidsinn gur ann o shagartan Coptach a bha air an geur-leamhuu anns an Eiphit, agus a theich gu mainistir air Beinn Athos anns a' Għréig, a fhuair Läban Mac Ċoñnich an t-eòlas-diomhair a bha aige air an dòigh anns am bu chòir na stuthannan a bha e a' cur ann an aon seòrsa pile a bhi air am measgadh, agus gur ann o mhissionaraidh (nach robh a nis beò) a bha ann an Tibet a fhuair e an t-eòlas-diomhair leis an do rinn e pile eile a léighseadh còrns agus diabetes.

Bha iarraidh cho mór air na pileachan chan ann a mháin ann an Glaschu ach air feadh an t-saogħail uile 's gu robh factory aig Läban eadar Sruidħla agus an Eaglais Bħreac anns an robh suas ri dà cheud duine ag obair, a thuilleadh air cléirich agus boirionnaich a bha a' deasachadh nam bocsaichean air son a' mhargaidh. Cha robh posta anns na h-eileanan Siar, o'ñn Bhuta Leòdhasach gu Ceann Bħarr-aidh, nach robh cho eòlach air a' bhocsa bheag anns am biodej Läban a' cur a mach nam pileachan a' bha e air "Tim an Obain," no air "Gazette Steòrnabhagh," is bhiodh mo sheana charaid Calum Posta ag ràdh gu bheil, uiread dhaoine anns a' Ghàidhealtachd ris na pileachan a tha ris a' phioib.

Mar a thubhairt mi cheana cha robh car ann an ruidhle na marsantachd nach b' aithne do Läban Mac Ċoñnich ; shniomħadha e gach neònchas agus diomhaireachd air am b' urrainn e smuaineachadh mu na pileachan ; bha cuij dhiubh air am pasgadh ann am paippear gorm ann am bocsa dearg ; feedha inn eile ann am paippear dearg ann am bocsa uaine ; bha na caileagan a bha a' reic aig aon chuntar air an sgeadachadh ann an éideadh nan Etiopach, agus bha na na caileagan a bha a' reic aig cuntar eile air an sgeadachadh ann an éideadh Greugach. A cheart cho luath 's a dh' innseadh luchd-reic nam pileachan dha nach robh iarraidh cho mór air pile sònruchietha 's a b' àbhaist a bhi air, dh' atharraicheadh e ainm a' phile agus dath a' bhocsa agus éideadh na caileig a bha 'ga reic, is sgrìobhadh na deih cléirich ann an ceud paippear-naidheachd, agus leughadh muinntir Għlaschu air ballachan a' bħaile, gu'n d'fhuair Läban Mac Ċoñnich eòlas-diomhair o bħoċċinach dubh ann an Uganda (a bha ceud gu leth bliadhna a dh' aois) mu luuħib nach robh a' fas ann an àite air an t-saogħal ach air slios beinne ann an Uganda, luuħib anns an robh iocħslaint air son na lönidh. Sin mar bha e a' tachairt gu robh muinntir an

Eilein Sgitheanaich a' gabħail air son nà lönidh anns an t-samħradh, fo ainm tħi, am pile a bha muinntir Uidhist a' gabħail air son losgħad-bragħad anns an earrach.

Ach ged bhiodh na cléirich ag innseadh anns na paippear-naidheachd gur ann á Somaliland, agus á Uganda, agus á Guatemała, a bha na stuthanna luachmhor a bha anns na pileachan a' tighin bha a' chuid mhór de'n stħu a bha Läban a' cur annta air a thoirt as a' Ghàidhealtachd, rainneach agus feanntag a bha a' fas anns na croitean aig feedha inn de na bhiodh a' ceannach nam pileachan. A h-uile samħradh bha Laban a' cur a mach bhuanaichean do'n Ghàidhealtachd, a għearradħ rainnich is fheanntag, nach gearradħ muinntir na Għaidhealtachd fħéiñ le cion na sgoinne, agus a' goil an rainnich agus na feanntaig sin ann an coireachan móra ann an Sruidħla, agus a' deanamh phileachan dhiuħi.

Sin mar thugadħ an t-ainm air, ged nach robh e còig bliaqħna deug ar fħichead, Bodach nam pileachan.

\* \* \* \* \*

Bha Läban, mar thubhairt mi cheana, 'n a duhini mór an Glaschu ; bha tigh briagh aige ann 'am Pollokshields, bean riomhach, agus yacht bheag anns am biodej e a' seċċadħ anns na Caol air Cluaidh, agus mu chladdach Arainn anns an t-samħradh. Bha mu thuaiream £4600 de thigħiġġi-a-stigh aige anns a' bhliadhna, ach bha rud eile aige a b' fhearr leis na tigh, no bean, no yacht, no airgiod, caileag bhidieħeħ mu naci biċċadħna a dh' aois, a bha dha mar anail a bheatha fein. Bha gaol aige oirre nach robh aige air ni no neach eile fuo' għrein, agus bhiodh fadachd air gus am faigheadħ e air falbh a Sruidħla no á Emporium na Slainte anns an fheasgar, agus an rachadh e dħachaidd gu Mäiri bheag, oir bha a chridhe an ceangal rithe.

An sin dh' fhàs Mäiri tinn ; an toiseach cha robh fhiros aig na dotairean ciod a bha cearr oirre, ach an uair a thugadħ Professor 'g a h-ionnsuidd, thubhairt esan gu robh lönidh 'na h-ult agus anns a' chridhe aice, agus a thuilleadh air sin, gu robh diabetes 'na h-aoraibha cuideachd. Rinn na dotairean na b' urrainn dhaibh air a son ach cha deachaidh aca air a' bhàs a chumail o Mäiri, agus cha mhò a thug iad dhi aon de phileachan a h-athar. Agus rud bu neċċaċċe air fad, cha tānig e ann an inntinn Läbain fħéiñ dad a thoirt dhi de na stuthanna miorbhuiileach a bha aige ann an Emporium na Slainte, air an robh e a' dol an urras do muinntir Għlaschu gu'n léighseadh iad cancer agus lönidħ agus diabetes.

An uair a shiubħail Mäiri thuitt an clàr-màis as an t-saogħal anns an robh Läban a' gluasad le bathais ārd agus le coguis aotrum. An uair a ruigeadħ e am butħ anns a' mħaduinn, agus



## Ciod i bhur beatha?

LEIS AN URRAMACH RUAIRIDH MOIREASDAN, AN STEÒRNABHIAGH

“Oir ciod i bhur beatha? Is deattach i a chithear rè iùine bhig, agus an déidh sin a théid as an t-sealladh.”

—SEUMAS ÍV, 14.

THA fhios againn gu'n do labhair an t-abstol na briathran so ri daoine a bha an sàs ann an obair am beatha gun aon smuain aca mu ghiorràd agus neo-chinnteachd beatha an duine air an talamh. Tha an t-abstol iarrtach air gu'n cumadh daoine 'n an sealladh gu'm faod Dia aig àm sam bith briseadh a steach agus beatha an duine a ghearradh goirid. Car son tha an t-iarrtus so aig an abstol? Tha, gu cinnteach, a chum gu'n toir daoine a' cheud àite 'n an smuaintean do na nithean as cud-thromhaiche. 'S e theireadh an t-abstol, Chan 'eil greim cinnteach sam bith agad air a' bheatha so tha làthair; uime sin dean gnothuch cinnteach dheth, gur h-e na nithe a tha feumail air son maith siorruidh t-anam neo-bhàsmhor aig am bi a' cheud àite 'na do smuaintean, agus dean sin gun dàil.

Sin, da rìreadh, leasan a bhiodh feumail do na h-uile neach againn a ghabhail gu cridhe. Tha an òigradh gu sòraichte ullamh a bhi sealltann air a' bheatha so mar ni a bhios fada agus cinnteach. Seallaigh fishead bliadhna glé fhada ann an sùilean na h-òige, gu h-àraigd mur 'eil fishead aca air an culthaobh. Cha sheall iad cho fada le sùil air ais, 'nuair tha fishead no còrr air an cur seachad. Do neach a tha ceithir fishead bliadhna a dh' aois tha làithean òige mar gu'm biadh iad an dé. Chan 'eil beatha an duine aig a' chuid as fhaide ach goirid, agus tha e an crochadh air toil Dhe, agus chan ann air na ruíntean a tha againne a thaobh ar beatha, ciod e am fad a bhios innse. Mar sin chan urrainn sinn ro thràth tòiseachadh a lorg bunait chinnteach do ar beatha air an caith sinn ar làithean gu glic.

'Nuair a tha an t-abstol a' cur na ceisde so, Ciod i bhur beatha? tha e soilleir gu'm bheil e a' smaoineachadh air a' bheatha aimsireil a tha sinn a' caitheamh 's an t-saoghal so, oir 'nuair a tha e a' freagairt a cheisde fhéin 's e tha e ag ràdh 'na chainnt fhéin, chan e "is deattach bhur beatha," ach "is deattach sibh féin," 's e sin ri ràdh, "anns a' bheatha thalmhaidh, aimsireil, so a tha sibh a' cur seachad, chan 'eil ammaibh ach deattach, ceò, neul, faileas ag éirigh o neonitheachd agus a' teicheadh gu neonitheachd a ris.

Tha e furasd gu leòr dhuinn fhaicinn cho fior 's a tha so na'n smaoinicheadh sinn air. Tilg t'intinn air ais fad aona bhliadhna agus

beachdaidh cia meud de do luchd-eòlais a chaidh do'n t-siorruidheachd 's an iùine ghoirid sin. Mar dheatach, mar neul maidne, dh' fhàlbh iad as ar sealladh is chan fhaic sinn tuilleadh an so iad. Seadh, chan fhada gus an can cùch sin mu ar timchioll fhéin. Théid sinne as an t-sealladh mar a chaidh iad-san, oir cò e an duine tha beò is nach fhaic am bàs?

Ach faodaidh sinn a' cheisde so, Ciod i bhur beatha? a chur ruinn fhéin ann an seagh na's dòimhne. Ciod i blur beatha? 's e sin, Ciod i gné mhodhanail do bheatha? Ciod i an seòrsa beatha tha thu a' caitheamh o là gu là? An e beatha fheumail, urramach, neo-fhéineil, a tha cuideachadh le maitheas modhanail an t-saoghal, no an e a chaoch-ladh seòrsa beatha? Eadhon ann an sealladh nàdurraich, gun bruidhinn air diadhaidheachd idir, 's e ceisde chudhromach tha so. Eadhon ged nach robh ann ar beatha idir ach deattach, air dhoigh 's gu robh a' bheatha gu h-iomlan a' toiseachadh 's a' criochnachadh leis an iùine ghoirid a tha againn air an talamh, chan urrainn sinn gun a bhi faicinn gu'm bheil beatha òrdail, riaghailteach, fheumail, gu neo-chrioch-nach na's luachmhoire na beatha air a caitheamh ann am féin-iarraidh agus féin-riarachadh. Tha an t-eadar-dhealachadh as mò eadar an dà sheòrsa beatha sin. Tha e furasd gu leòr do dhaoine a bhi dealbh lethsgulan dhaibh féin air son gné beatha nach 'eil aon chuid uasal no feumail, a' riarachadh am miannan féin, 's a' cuairteachadh an criochan féin, ach chan 'eil duine sam bith a bheir ceartas d'a choguis aig nach 'eil fhios nach e sin an seòrsa beatha as uaireas as urrainn duine a chaitheamh. Eadhon anns a' bheatha nàdurraich, aimsireil, tha féin-mhùchadh agus féin-àicheadh móran na's maisiche agus na's luachmhoire na rasantachd is féin-iarraidh.

Ach faodaidh sinn ceisde an abstoil, Ciod i bhur beatha? a chur ruinn fhéin ann an seagh na's dòimhne fhathast, ann an seagh nach canadh an t-abstol idir gur e deattach bhur beatha, a chithear re iùine bhig, agus an déidh sin a théid as an t-sealladh. 'S e theireadh e nach 'eil 'n ar beatha ach bith fhior, uasal, phearsanta, a chaidh a chruthachadh le Dia air son criochan àrda, agus aig am bheil saorsa agus comas oibreachadh le Dia a chum ar sonais féin, no 'n a ghaidh a chum ar sgrios. Agus

's ann anns an t-sealladh so tha mórchadh is luach ar beatha a' tighinn am follais. Gun teagamh tha beatha òrdail, neo-fhéineil, eadhon gun a bhi toirt àite do dhiadhaidheachd idir, fada fada na's uaisle na beatha aig nach 'eil anns an t-sealladh ach criochan féineil. Aig an àm cheudna, tha ni a dhìth air a' bheatha uasail sin as aonais nach 'eil fior uaisleachd no maireannachd idir intte. 'S ann 'nuair a chuireas sinn a' cheisd, Ciod e fior mhàthair agus spionnadh do bheatha? a gheibh sinn a dh' ionnsuidh na beatha anns am bheil fior uaisleachd agus maireannachd. So a' cheisid a threòraicheas sinn a dh' ionnsuidh na beatha a tha 'na beatha da rìreadh. Chan 'eil ni sam bith na's cinntiche na gu'm feum sinn a dhol a mach asainn fhéin a chum na beatha so fhaotainn. A' bheatha as urramaiche, ma's ann uaithe fhéin a tha i a' tarruig a neart 's a brigh, tuitidh i gu lär. Ach a' bheatha tha 'n a beatha da rìreadh, cha deatach idir i, ach beatha aig nach 'eil crioch, a mhaireas tre shiorruidheachd, gun lasachadh sam bith air a maise no air a neart. Chan 'eil aig a' bheatha so ach aon tobar. As aonais èolas air Criosd ann ar n-anam cha bhi aithne no féin-fhiosrachadh againn air a' bheatha so. Ach bheir

creideamh ann an Criosd seilbh dhuinn oirre. Tha Tobar na beatha againn 'nuair tha Criosd againn. Tha an t-abstol Eòin ag innseadh dhuinn sin gu soilleir 'nuair a tha e ag ràdh, "An ti aig am bheil am Mac tha beatha aige." Agus dh' ionnsaich e leasan o'n Mhaighstir fhéin, a thubhairt, "Is mise an t-slighe, an fhìrinn, agus a bheatha." Bha an t-abstol Pol, mar an ceudna, cinnteach mu'n chùis 'nuair a sheall e seachad air a' bheatha aimsireil so a dh' ionnsuidh na siorruidheachd, ag ràdh, "Nuair a dh' fhoillsichear Criosd, neach is e ar beatha-ne, an sin foillsichear sinne maille ris ann an glòir."

Iarramaid, ma ta, seilbh ann an Criosd, a chum 's gu'm bi sinn comasach air a ràdh. 'S e Criosd mo bheatha-sa, oir tha Criosd beò annam, agus tha mise beò ann-san, agus bithidh gu siorruidh. Cha deatach mo bheatha-sa idir, a chithear air son ùine bhig, agus an déidh sin in a théid as an t-sealladh, ach beatha mhaireannach ann an comunn ris an Athair, a Mhac, agus an Spiorad Naomh.

Ma's urrainn sinn a leithid sin a dh' admheil a dheanamh a nis, cha dìchuimhnich sinn a' bheatha tha mar dheatach, ach oidhripichidh sinn am feum as fheàrr a dheanamh dhith cho fad 's a tha i againn.

## Anns a' Chathair

BHO chionn dhà no trì bhliadhnachan dh' innis mi air an duilleig so mu'n Bhiobull aimmeil a tha cho sean ris a' chòigeamh linn, am Biobull a bha air a cheannach as an leabhar-lann a bha aig Iompaire Russia, agus a tha nis air a ghleidheadh gu cùramach anns a' Mhus-eum Bhreatunnach, an Lunnainn. Anns a' Bhiobull sin gheibhearan *Litir a sgrìobh Cliamain chum nan Corintianach*, agus an leabhar eile a tha dol fo'n ainm, *Dara Litir Cliamain*.

Ach tha Biobull eile air mhaireann as sine na 'm fear so a tha anns a' Mhus-eum Bhreatunnach, Biobull a tha cho sean ris a' cheathramh linn, agus ris an abrar an *Codex Sinaitic*. Chan 'eil uile leabhrachean an Tiomnaidh Nuaidh air am faotainn ann an gin eile de na seann Bhiobuill as ainmeile ach anns an fhear so, ach a thuileadh air na leabhrachean a tha anns an Tiomnaidh Nuadh an diugh gheibheardà leabhar eile ann, *Litir Bhàrnabais* (slàn), agus crioman de leabhar eile ris an abrar *Buachaille Hermais*.

Ciod a tha so a' ciallachadh? Tha e a' ciallachadh gu robh leabhrachean ris an abrar *Apocrypha* anns an eaglais Chriosduidh anns na ceud linnteann direach mar bha leabhrachean ris an abrar *Apocrypha* anns an eaglais Iudhaich. Ach chan fhaighean na leabhrachean sin anns a' Bhiobull a tha sinn a' leughadh an diugh. Ciod an t-aobhar? An e gu robh

iad air an cur a mach as? Agus an robh iad air am fagail a mach a chionn nach robh dad a b' fhiach amta?

Chan 'eil e ceart a ràdh gu robh na leabhrachean so (tha cuid mhaith dhiubh ann) air an gabhail aon uair mar Sgriobtura leis an eaglais Chriosduidh ach gu robh iad air an cur a mach as an Tiomnaidh Nuadh an déidh làimhe le Comunn no Comhairle dhiadhairean leis an robh iad air an sgrùdadh a dh' fheuchainn leis an b' airidh iad air àite a thoirt dhaibh am measg nam Sgriobturan eile. Cha b' ann mar sin a bha idir. Cha robh leabhrachean an Tiomnaidh Nuaidh air an taghadh leis na h-abstoil, no le Comhairle air bith anns an eaglais, is cha mhò a bha an Tiomnaidh Nuadh air a thoirt do'n eaglais deas-dheanta. Dh' fhàs an Tiomnaidh Nuadh uidh ar n-uidh. An tùs a tòiseachaidh is e an Seann Tiomnaidh a mhàin a bha aig an eaglais Chriosduidh mar Sgriobtura; an uair a chruinnicheadh na bràithrean còmhla, gu sònruichte a bhriseadh aran na Suipearach, bha Sgriobtura an t-Seann Tiomnaidh air an leughadh, ach a thuileadh air sin thòisich iad air litrichein a bhiodh na h-eaglaisean a' faotainn o na h-abstoil a leughadh, agus leabhrachean anns an robh gniomharan agus teagastg Chriosd air a chur sios, agus leabhrachean maithé eile a bha air an ceadachadh leis na h-abstoil. An toiseach cha robh

lagh no riaghaitt anns an eaglais a thaobh nan leabhracchein a bha air an leughadh; bha leabhracchein air an uisneachadh ann an aon eaglais nach robh air an uisneachadh ann an eaglais eile; bha an gnothuch air fhágail uile gu léir aig easbuig gach eaglais, a bha a' coimhead thairis oirre. Ma bha esan an dùil gu robh leabhar air bith buanachdail do na bráithrean a thaobh teagaisg, no a thaobh na beatha dhiadhaidh, bhiodh an leabhar sin air a leughadh le 'úghdarras.

Tha leabhracchein anns an Tiomnadh Nuadh nach robh air an leughadh idir ann an euid de na h-eaglaisean anns a' cheud linn, an dara euid, a chionn gu'm b' fheàrr le easbuig na h-eaglais agus leis na bráithrean sgríobhaidhean eile, no a chionn gu robh amharus aca nach robh iad air an sealachadh le 'úghdarras nan abstol. Bha an *Litir chum nan Eabhruidheach, Dara Litir Pheadair*, agus *Taisbean an diadhair Eòin*, air an làr-mhaide anns an eaglais Chriosduidh fad bhliadhnachan, ach mu dheireadh bha na h-easbuigean agus na bráithrean a' faicinn gu robh uiread soluis agus beatha unta 'gu'n do ghabh an eaglais uile riu mar Sgríobtur, ged nach robh iad cinnteach cia as a thainig iad, no cò a sgríobh iad.

Mar so bha leabhracchein an Tiomnadh Nuadh air an taghadh agus air an sealachadh mar Sgríobtur uidh ar n-uidh le Guth, agus gnáths, agus beul-aithris nam bráithrean; is bha e cho ammoch ri meadhon na ceathramh linn (no theagamh beagan 'na dhéidh sin) m'an robh an Tiomnadh Nuadh air a dhùnadh agus air a ghlasad gu teann, agus air a sheulachadh le Cinn na h-eaglais mar Sgríobtur agus mar Fhacal Dhe do'n Eaglais Naoimh Choichtinn.

Faodaidh mi euid de sheann leabhracchein na h-eaglais Chriosduidh, ris an abrar a nis Apocrypha an Tiomnadh Nuadh, a chur sios air aon ghad:

Soisgeul Nicodemus  
Soisgeul Pheadair  
Taisbean Pheadair  
Soisgeul nan Eabhruidheach  
Eachdraidh Muire agus Iosa le Seumas

Bha sgaoth de'n t-seòrsa leabhracchein sin a' sgiathalaich anns an eaglais an tìus a h-eachdraidh, ach ged a dh' fhaodas gràinne cruthneachd tachairt ort an sud agus an so, chan 'eil amnta ach moll agus càth, is tha e'n a dhearbhadh làdir air gliocas na h-eaglais oig gu'n do chuir i cùl riu, agus nach do leig i a steach iad do'n Tiomnadh Nuadh. B'e sud na leabhracchein a bha anns an t-sealladh aig Lucas an uair a sgríobh e aig toiseach a Soisgeul fhéin. "Gu'n do ghabh móran os làimh eachdraidh a sgríobhadh air na nithibh sin a tha air an coimhlionadh 'n ar measg-ne."

Tha na leabhracchein so leanabail, làn de mhiorbhuilean faoine agus de sgeulachdan faoine air nach 'eil dreach na firinn, ach ged nach 'eil dad as fhiach annta nach 'eil ann an ceithir soisgeulan an Tiomnadh Nuadh, tha iad a' nochdadh ann an tomhas ciod an seòrsa dhaoine a bha anns na ceud chreidmhich, agus ciod an seòrsa saoghal as an d' éirich an eaglais. Ach chan 'eil fhiros an diugh cò a sgríobh iad, no cia as a thainig iad.

Ach tha fhiros gu maith cia as a thainig euid de na leabhracchein eile a theab àite fhaotainn anns an Tiomnadh Nuadh mar Sgríobtur, gu sònruchtie *Litir Chliamain chum nan Corintianach*. Bha Cliamain 'n a easbuig anns an Ròimh, agus air dha a chluaintinn gu robh deasbuid, agus mi-raghailt, agus iorghuill, ann an eaglais Chorint, sgríobh e an litir ghasda so chuca, ag earalachadh orra a bhi réidh 'n am measg fhéin agus a bhi 'n an cloinn umhail do Chriosd. Tha fuaim nan Sgríobturan aig na facail anns an litir so, agus na'n robh i air a tioundadh gu Gàidhlig, agus caibideil dhi air a leughadh anns a' chubaid air là na Sàbaid, shaoileadh daoine gur ann ris an Sgríobtura bha iad ag éisdeachd. Leng mi an *Litir o cheann gu ceann an raoir*, is thachair iomadh rann mhaiseach orm a bu mhaithe leam a ghabhail mar cheann-teagaisg. Tha i a' criochnachadh le 'urnuigh a tha sòluimte agus maiseach 'na cainnt.

Sa am facal mu dheireadh ann an dara litir Chliamain, *Do 'n Dia neo-fhaicsinneach, Athair na firinn, a chuir an Slànuighear agus Prionnsa neo-bhàsmhor 'g ar sìreadh, agus a dh' fhoillseachadh dhuinn na firinn agus na beatha dhiadhair, dhàsan gu robh glòir gu siorruidh.*

Tha *Buachaille Hermas* na's fhaide na gin de chàch. Tha Hermas ag innseadh gu robh e aon uair 'n a thràill, air a reic ri bain-tighearn anns an Ròimh d' am b' ainn Rhoda. An déidh dha a shaorsa fhaotainn bha bùth beag aige, ach bha olcas an t-saoghal 'na champar d'a spiorad, is chuir e roimhe feuchainn ri daoine a ghairm gu aithreachas. Tha iomadh rud maith anns an leabhar so, agus iomadh rud neònach cuideachd, gu sònruchtie na seallaidhean a bhiodh e a' faicinn. Bha e gaolach air cosmhàlachdan a sgríobhadh, ach cha robh ealadhain mhaith aige idir orra, is tha iad neo-chumadail agus sgitheil. Bu cho maith leam dol do 'n phriosan ri Buachaille Hermas a thlonndadh gu Gàidhlig.

Mar is mothà m' eòlas air na leabhracchein a bha 'n an comh-aoisean do leabhracchein an Tiomnadh Nuadh is ann as cinntiche mi gu robh an Spiorad Naomh ag oibreachadh anns na daoine a sgríobh an Tiomnadh Nuadh, agus gu robh gliocas Dhe a' trèorachadh na h-eaglais a ghabh ris mar Fhacal Dhe, agus a chuir cùl ris na leabhracchein eile.

## Anns a' Choille Bheithe

**G**ED nach 'eil i beò an diugh saoilidh mi air uairean gu bheil mi a' cluinntinn a guth fhastast, guth anns an robh ciùine agus gliccas agus ábhacas nach cluinnear ach annamh ann an guth nam mnathan nodha anns na làithean so. Bha i suas ri ceithir fichead 'nuair a shiubhail i, ach cha do chriochnaich i riabhach air m' iarrtus féin, anns an robh i a' dol a dh' innseadh mu làithean a h-òige agus an dòigh anns an robh i air a togail. An déidh a bàis thug a h-ogha dhòmhhsa na duilleagan a dh' fhàg i anns an dasc, is theagamh gu'm bu mhaith le luchd-leughaidh an leabhair so cuiid dhìubh fhaicinn.

\* \* \* \* \*

" Is e an diugh co-ainm an là air an do rugadh mi o chionn seachd deug is tri fichead bliadhna, ach ged nach 'eil dùil no dòchas agam gu'n criochnaich mi an obair air a bheil mi a' tòiseachadh bu mhaith leam, cho fad 's a tha mo chuimhne agus mo léirsinn agam, cunntas a thoirt d' am oghachan air cuiid de na daoine o'n tàinig iad, agus air an dòigh anns an robh mi air mo thogail. Tha mi mar gu'm biodh seana long a tha a' tarruing dlùth do'n chaladh dheireannach; toilichte agus taingeil do Dhia gu bheil mo thurus a' criochnachadh gu foinseachail ann an sith.

Luchd-loingeis théid air muir, 's a bhios  
ri gniorach an uisgeibh buan;  
Dhaibh sud is léin mórr-oibre Dhe,  
'S a mhiobhhuilean 's a' chuan.

An sin tha iad ro ait, air son  
gu bheil iad sàmhach beò,  
'S gu'n d' thug e iad do'n chaladh sin,  
's do'n phort bu mhiannach leò.

Ann am sheann aois tha m' intinn a' dol air ais gu tric gu làithean mo leanabachd agus m' òige; tha na daoine a b' aithne dhomh agus na nithean a chunnaic mi 'nuair a bha mi 'n am chaileig na's iùre dhomh na na daoine agus na nithean a thachair rium an dé; chan 'eil ann an trì trianan d' am bheatha an diugh agh cuimhneachain agus ionndrainn.

Rugadh mi ann an Calcutta, far an robh m' athair ann an seirbhis a' Chrùin. Bha tarruing aig na h-Innsibh an Ear air an teaghlaich againne riabhach. Bha dithis de bhràithrean mo sheanar agus tritùr de bhràithrean m' athar ann an seirbhis a' Chrùin anns na h-Innsibh, a thuilleadh air dàimhich eile a bha ri marsantachd ann. Bha dithis d' am mhic fhéin ann agus dithis oghachan, is tha mi an dòchas gu'n téid na h-iar-oghachan ann cuideachd, oir tha obair ri dheanamh anns na h-Innsibh an Ear as fhiach do dhaoine fearail

làmh a chur inntte. Cha chuala mi gu'n do thog duine a bhuiheadh dhomh a làmh no a chas ri Innseanach riabhach; bha iad cho caomhail agus cho bàigheil riù 's a bha iad ri muinntir an dùthcha féin; buidheachas do Dhia air a shon sin.

Chuir m' athair agus mo mhàthair dhachaidh mi gu m' sheanmhair, air chùram banaltruim dhubbh, an uair a bha mi sé bliadhna a dh' aois, agus is e a' chuimhne as maireannaiche a tha agam air làithean mo leanabachd anns na h-Innsibh, àile na dùthcha agus nan daoine; àile nan craobh; àile a' bhìdh; àile a' mhargaidh; àile na gaoithe agus na talmhainn. Tha bocsa beag agam de fhiodh sandal, anns am bi mi a' gleidheadh shnàthadan, is mheuran, is treathlaich eile de 'n t-seòrsa sin; chan 'eil agam ach am bocsa fhosgladh, is àile am fhiodha fhaotainn, is anns a' mhionaidha tha mi air m' ais anns na h-Innsibh an Ear. Mar so tha mi an dùil nach 'eil aon idir de bhuadhan mhic an duine as luaithe a dhùisgeas cuimhneachain 'n a intinn na àile. Bheir do shròn a dh' Astralia no do Iapan thu na's luaithe na do shùil no t' intinn.

Chan 'eil a bheag de chuimhne agam air m' athair no air mo mhàthair anns na h-Innsibh; is e a' chuimhne a tha again air mo mhàthair gu robh a craicionn cho mìn ri sòda, agus gu'm bithinn a' faireachduinn gu robh a pògan blàth mar gu'm bithinn a' dol a chadal ann an nèamh. Bha gaol agam air mo mhàthair, ach chan 'eil cuimhne agam an robh gaol agam air m' athair anns na làithean ud no nach robh. An uair a thàinig mi gu iùre agus a b' aithne dhomh e na b' fheàrr bha gaol agus meas agam air nach robh agam air neach eile anns an t-saoghal ach a mhàin Bocotta, à banaltruim dhubbh a thàinig dhachaidh leam á Calcutta. Cha robh i beò ach bliadhna ann an tigh mo sheanmhair, ach chan 'eil fhios agam an e mo sheanmhair, no sìd fhuar fhliuch na h-Alba, a thug oirre sioladh a mach as an t-saoghal so. Co dhiu theab mo chridhe briseadh an là a shiubhail i, is tha cuimhne agam gu'n deachaidh mi a steach leam fhéin do'n t-seòmar anns an robh i 'n a laighe marbh, a chur mo theangaidh a mach ris a' Bhàs.

Bha eagal agam roimh mo sheanmhair nach robh agam roimh Dhia, no roimh neach air bith eile a thachair orm riabhach, agus gus an là diugh chan 'eil uair a chi mi beinn àrd agus sneachd air a mullach nach cuimhnich mi air mo sheanmhair. Bha falt liath oirre agus e anabarrach tiugh; bha i àrd caol; chan fhaca mi riabhach i a' gaireachduinn, is bha a coslas cho gruamach 's gur ann air aodann mo sheanmhair a bhithinn a' smuaimeachadh

an uair a bhithinn a' leughadh anns a' Bhiobull mu'n deataich a chunnacas air liabhl Shinai.

Theagamh gu robh gaol aice orm, ach ma bha, cha do nochd i sin dhomh ; cha d' fheuch i riabh ri m' thàladh, no ri m' chnìodachadh, no ri pòg a thoirt dhomh, agus na'm feuchadh tha mi cinnteach gu'n euireadh an aiteamh barrachd eagail orm na'n reodhadh. Ann an oidhche bhithinn a' smuaineachadh gu'm bu chompanaich mi fhéin agus Maois, a chionn gu robh sinn le chéile a criothnachadh an làthair gruaim agus dorchadas Shinai, as an robh àithneantair an toirt dhuinn.

Cha robh coire air mo sheanmhair ach a mhàin nach robh innigh tròcair no gaoil innte gu nàdurra ; am freumh beag de ghaol agus de aighear nàdurra a bha innte 'n a h-òige bha e air a spionadh aisde le a toil làdir fhéin an uair a bha i air a h-iompachadh, agus a bha i an dùil gu'n d' fhuar i " gràs." Cha robh fhiros agam-sa ciod a bha anns a' " gràs " air am biadh mo sheanmhair a' bruidhinn, is bha eagal orm fharraid dhi, ach bha mi an dùil gur e rud-eigin trom agus dubh a bha ann, a bhiodh a' dol a steach ann an daoine gun fhiros dhaibh, agus 'g an deanamh cho muladach 's nach b' urrainn dhaibh dibhearsain no gàire a dheanamh gu bràth tuilleadh. An uair a thòisich mo sheanmhair air mo thoirt leatha do'n tigh-choinnimh anns na feasgair, far am biadh móran dhaoine ag osnaich, agus an cinn crom is coslas brònach orra, agus fear mu seach de na foirbhich ag urningh ann an guth eritheanach gu'n tugadh Dia " gràs " do chuid-eigin anns a' choinnimh bhiodh eagal mo chridhe ormsa gur ann orm fhéin a thuiteadh an crann, is bhithinn a' dùsgadh an dràsd 's a ris anns an oidhche, agus a' sealltuinn orm fhéin anns an sgàthan feuch an robh a choslas air m' aodann gu'n deachaidh " gràs " a steach annam, agus mi 'n am chadal.

Bha na smuaintean sin leanabail agus gòrach, ach co dhiu bha iad agam 'n am phàisde, is bha iad agam a chionn nach d' fhuaire mi o m' sheanmhair an rud a bha mo chridhe ag iarraidh agus ag ionndrainn, companas agus gaol. Bha mo chridhe diùid, òg, ag iarraidh gaoil ach thairg ise " gràs " dhomh, rud nach robh mi a' tuigsinn, agus nach robh acras orm air a shon. Bha mi cho ònrachdach agus bha uiread ionndrainn ann am chridhe air companas agus gaol 's gu bheil cuimhne agam, mar gu'n b' ann an dé a thachair e, an sólas a bheireadh e dhomh an uair a chuireadh cat mór breac a bha aig mo sheanmhair bogha 'na dhruim 's a thogadh e earball, a' dol mu'n cuairt orm agus 'ga shuathadh fhéin ri m' chalpanna riùsge. Bha a bhian cho mìn blàth 's gu'n cuimhnichinn air uchd agus pògan mo mhàthar a h-uile uair a shuathadh an eat e fhéin ri m' aodann no ri m' chasan.

Bhithinn 'g a thoirt leam do'n leabaidh gun fhiros do m' sheanmhair, is b' fheàrr leam fada cian a bhi a' sliogadh bian a' chait agus a' cluinntinn a chòrnain na bhi a' cluinntinn nam bodach a' crònan mu " gràs."

Tha mi an dòchas nach saoil gin d' am theaghlaich a leughas so gu robh mo sheanmhair mosach rium, no gu'm bu bhoirionnach i nach robh coibhneil, is cha chaomhnadh i dragh no airgiot a chosd ri daoine, chum a dleasdan fhéin a dheanamh, agus " gràs " a thoirt dhaibh-san. Bheireadh i seachad Biobuill, agus tractaidhean, agus a h-airgiot, agus a h-ùine, do dhaoin eile, gun an cosdus d'a corp no d'a sporan a chunntas, ach cha b' urrainn i gaol a thoirt dhaibh, no am blàths a lasas teine anns a' chridhe. Bha i cho onarach ris a' gràein ; measail am fianuis dhaoine, agus measail oirre fhéin ; cho cùramach agus cho smachdail ann an riaghlaich a beatha agus a tighe 's gu robh àile a fireantachd air feadh an tighe na bu làidiре na àile nam flàraichean a bhiodh i a' cur air a' bhòrd. Ach ged bha mo sheanmhair cho maith agus cho measail bha uiread eagail agam roimhpe 's a bhios aig seòladairean roimh bheinn-éigh anns a' Chuan Shiar ; bha i daonan cho àrd agus cho direach agus cho dleasdanach, ach cho fuar agus cho fada air falbh bho dhaoine eile, agus bho ghòraiche an t-saoghail, 's gu'm bhithinn a' fàs dearg anns an aodann gach uair a shealladh i orm.

Bha bràthair aice a bhiodh a' tighinn a dh' fhuireach leatha fad seachduin a h-uile bliadhna, Uncle Tom, mar theireamaid ris, a bha 'n a mharsanta anns na h-Innsibh an Ear, ach a bha nis a' tighinn beò air 'airgiot ann an Glaschu, leth-sheann duine a bha cho sunndach laghach 's gu'm biadh fadachd orm gus an tigeadh e. Bha dùil agam-sa gu robh " gràs " aig a h-uile duine a bha cho sean ri Uncle Tom, ach bha e cho sunndach 's gu'n d' fharraid mi dheth aon là car son nach robh esan cho maith agus cho muladach ri m' sheanmhair, Rinn Uncle Tom gàire ; " tha eagal orm," ars' esan, " nach 'eil annam-sa ann an stíleán Ceit (b'e sin ainm a pheathar) ach aithinne a dh' fheumar a spionadh as an teine, agus duine gun gràs." Cha robh fhiros agam ciod a bha aithinne ann an teine a' ciallachadh, ach bha mi tolichte a chluinntinn nach robh " gràs " aig Uncle Tom. Tharrung so sinn na bu dùlthe ri chéile is dh' fhàs mi fhéin agus Uncle Tom cho companta 's gu robh an t-seachduin a bhiodh e còmhla ruinn mar dheògréine d' am chridhe. Ann an sgeulachdan-rùin a bhiodh Uncle Tom ag innseadh dhomh, an uair a gheibheamaid air falbh á sealladh mo sheanmhair, bhiodh e ag innseadh dhomh nach robh gin eile de theaghlaich athar coltach

ri Ceit, agus gur e *Beinn Everest* an t-ainm a bhiodh aca oirre, 'nuair a bhiodh e fhéin agus a bhràthair a' bruidhinn uimpe anns na h-Innsibh.

Bha làithean sona agam cho fad 's a bha Uncle Tom anns an tigh, ach a cheart cho luath 's a dh' fhalbhadh e bha mi ann an saoghal fuar agus ann an saoghal dorcha a ris.

Tha mi an dòchas nach saoil duine air bith d' am theaghlaich a leughas so gu bheil mi a' cur sios air mo sheanmhair, no gu robh mi eas-umhail dhi, no neo-thaingeil air son na rinn i air mo shon. Chan 'eil idir; thug mo sheanmhair dhomh gu fialaidh agus gu saor gach tiodhlac a dheanadh páisde sona ach a mhàin gràdh, ach b'e an t-aobhar nach d' thug i dhomh an tiodhlac sin nach robh e aice fhéin. Agus is e an t-aobhar gu bheil mi ag innseadh uimpe an dràsd gu'm bu mhaith leam gu'm foighlumadh sibhse, mo chlann agus m' oghachan, o m' fhiosrachadh-sa ann an làithean m' òige, nach urrainn duine aig nach 'eil cridhe gaolach gràs a thoirt do neach eile, no

a tharruig aon cheum na's dlùithe do rioghachd Dhe. Sin an t-aobhar gur e màthraichean gaolach na soisgeulaichean as fheàrr air an t-saoghal, na comh-oibrichean maille ri Dia as cumhachdaiche air an t-saoghal, agus an t-aobhar cuideachd nach 'eil toradh spioradail idir a' leantuinn obair iomadh ministeur aig a bheil tàlantan ris a bheil farmad aig a bhràithrean, *ach aig nach 'eil cridhe gaolach.*

*Ged labhrainn le teangaibh dhaoine agus aingeal, agus gun ghràdh agam, tha mi am umha a ni fuaim, no am chiombal a ni gleangarsach.*

*Agus ged chaithinn mo mhaoine uile chum na bochdan a bheathachadh, agus gun ghràdh agam, chan 'eil tarbhe sam bith dhomh ann.*

*Ma's fàidheadaireachd, cuirear air chùl i; ma's teangaidhean, sguiridh iad; ma's eòlas cuirear air chùl e; ach chan fhàillich an gràdh a chaoidh.*

*Is e na trì nithean a mhaires, crèideamh, dòchas, gràdh, ach is e an gràdh as mò de'n trì so.*

## An t-Urramach Dòmhnull Dòmhnullach, Nis

LEIS AN URRAMACH RUAIRIDH MOIREASDAN, AN STEÒRNABHAGH

AIR a' cheud là de mhìos meadhonach an-t-samhraidh chaidil an duine urramach so ann an Iosa, an déidh dha ceithir bliadhna gu leth thar dhà fhichead a chur seachad 'na mhinistear ann an Sgìre Chrois, no Nis, ann an Eilean Leòdhais.

Rugadh e ann an Crabhlista ann an Sgìre Uig, an Leòdhais, agus chuir e seachad a bheatha gu h-iomlan, ach a mhàin na bliadhnanachan a bha e a' leantainn an fhògluim ann an Cill-Rimhinn agus an Dùn-éideann, anns an eilean anns an do rugadh e. Chaidh e cuairtean goirid mar an ceudna thar chuan, an ear 's an iar, ach a mach air a-sin 's ann an Leòdhais a chaith e a bheatha. Cha b'e nach d' fhuair e cothroman agus curidhean o choimhthionalan air Tír-mór, agus air taobh thall a' Chuain mhóir, ach roghnaich e fantainn far an robh e fad a bheatha.

B'esan am fear mu dheireadh a bha beò, ach a mhàin an t-Urramach Dòmhnull Mac Artair a tha nis ann a' Bhatarnis an Eilein Sgitheanaich, de na ministearan a bha suidhichte 's an Eaglais Shaoir an Leòdhais aig a' cheud Aonadh (1900). Comh-cheangailte ris an aonadh sin, rinneadh sgaradh an Nis, mar a rinneadh an caochadh àitean eile, agus cha bu bheag an dragh a thuit air an Dòmhnullach an lorg sin, ach a dh' aindeoin na bha aige ri ghiùlan, thàinig e a mach as an dearbhadh sin cho duineil, cho glan, 's cho Criodail, 'sa chaidh e steach ann, agus suas gu latha a

bhàis 's ann a' dol am meud a bha an t-urram agus an spéis a bha aig na h-uile dha.

Bha e 'na shuidhe aig a bhòrd-sgriobhaidh, agus am peann 'na làimh, 'nuair a thàinig am bàs 'ga ghairm. Bha a shlàinte air briseadh beagan tìne air ais, agus bha e a' beachdachadh air a' choimhthional a leigeil dheth, ach cha robh ni sam bith ach an éigin a bheireadh air an obair anns an robh uiread de thlachd aige a chur as a làmhan. Ach thàinig àm a Mhaighstir, agus chaidh a ghairm gu raon obrach na's àirde.

Chan 'eil e furasd nàdur an Dòmhnullach a chur ann an cainnt. Mar dhuine bha e anabarrach socharach, agus aig an àm cheudna cha robh fiamh no geilt air roimh ghnùis duine beò. Ann an simplidheachd agus ann an irisleachd dh' iarradh e comhairle air daoine nach robh faisg cho glic ris fhéin, ach aig an àm cheudna ge b'e cho glic 's a bha an duine a bheireadh comhairle air, is e a chomhairle fhéin a leanadh e, agus cha bhiodh e furasd a thionndadh o a chùrsa.

'S e flor sgoilear a bha anns an Dòmhnullach, agus diadhair barraichte, fallain anns a' chreideamh, agus 'na shearmonaiche cumhachdach. O chionn bliadhnanachan air ais thàinig buidhre 'na chluasan, agus cha b' urrainn dha glé mhaith a ghuth a chuinseachadh air dhòigh 's gu'n cluimte ceart e, agus bha so ann an tomhas a' milleadh fheumalachd mar shearmonaiche, ach gus an là mu dheireadh

far an cluiminte a ghuth chluinnte teagast a bha buanachdail éisdeachd ris.

Is iomadh creutair bochd aig an robh aobhar Dia a mholaodh air son an spiorad coibhneil fialaidh a thug E dha. Cha bhiodh fios aig làmh chli an Dòmhnullaich ciod a bha a làmh dheas a' deanamh, 'nuair a bhiodh e air chuairt am measg nam bochd. Tha Eilean Leòdhais 'ga chaoidh, agus gu sònruichte Sgiyre Nis, agus tha aobhar aca; chan ann a h-uile là a bhios ministear d' a lethid ri fhaicinn am measg

sluaigh. Anns na bliadhnaichan mu d heireadh bu tric a bhruidhneadh e air na bràithrean a chaidh dhachaidh, gu sònruichte Niall Moiresdan agus Seòras Mac Leòid, agus bha e 'ga fhaicinn fhéinn ni-eigin aonaranach anns a' ghineal òig a tha ag éirigh suas an diugh.

Tha e a nis còmhla ris na bràithrean ann an tigh nan iomadh àite-còmhnaidh, agus còmhla ri Ceannard nam bràithrean a riunn an treorachadh uile gu àite tàimh is fois.

## Aig an Uinneig

### An t-Urramach Iain Dow, D.D.

**A**IR a' mhios mu dheireadh thàinig am bàs air an t-seana mhinistear so, agus gun dùil ris. Ged nach robh a shlàinte ro mhaith o chionn greis, bha e a' dol mu 'n cuairt air cheann a ghnothuich trì làithean m' an do shiubhail e.

Pearteach a thaobl a dhùthchais; rugadh e an Capaig; chuir e seachad làithean òige am Blàr Adholl; bha e air oilleanachadh an Cill-Rimhinn, agus air a shuidheachadh an Srath Fhaolain an 1888, ach an ceann cheithir bliadhna dh' fhàg e Srath Fhaolain is chaidh e do'n Chnoc Bhàn anns an Eilean Dubh, far an do chuir e seachad an còrr d' a làithean. An 1935 leig e dheth a dhreuchd, los gu'm biodh e na b' phasa do dhà choimhthional a' Chnuic Bhàin dol còmhlha.

Ged nach robh e 'n a sgoilear no 'n a shearmonaiche mór bha e 'n a duinne laghach air an robh meas aig a choimhthional féin. Bha e sgoineil agus sgileil ann an èuisean-riaghlaidh, is bha e air gach Bòrd a b' urrainn ministear a bhi air, an sgir a' Chnuic Bhàin agus an Siòrramachd Rois. Bha uidh mhór aige ann an obair an Ionnachsaidh anns na Sgoilean, is bha e 'n a fhear-cathrach aig a' Chomunn a tha a' sealtuinn 'n a dhéidh sin an Siòrramachd Rois.

Bha seisear nighean aige; ma's maith mo chuimhne, chaidh ceithir no còig dhiubh troimh Chollaist Chill-Rimhinn. Thug Oilthigh Chill-Rimhinn D.D. dha an 1934.

Ged nach robh eòlas dlùth agam-sa air Iain Dow, bhithreamaid a' tachairt air a chéile an dràsd 's a ris, agus a h-uile uair a thachramaid is ann air sgoilean agus *bursaries* a bhiodh e a' bruidhinn. Bha e 'n a fhear-dùthcha maith agus 'n a choimhnearsnach maith; easgaidh ann an obair na h-eaglais agus ann an obair na siòrramachd.

### Institutio Christianae Religionis

Sin an leabhar anns a bheil an teagast aig Iain Calvin air a chur sios le làimh fhéin gu

soilleir agus gu h-òrdail, ach tha amharus agam nach 'eil an leabhar so ann am móran Mhansaichean anns a' Ghàidhealtachd an diugh. Ach mur bheil an leabhar anns na Mansaichean, tha àile a theagaisg anns a' chuid mhór de chùbaidean na Gàidhealtachd fhathast, air a dheanamh caomhail le gaoth bhog bhlath á saoghal ùr nach b' aithne do Iain Calvin, a chionn nach robh e idir ann 'na latha-san.

Air a' mhios mu dheireadh bha Comhchruiinneachadh ann an Dùn-éideann, a chumail cuimhne air ainnm an diadhair urramaich so agus a tharruing aire dhaoine gu puingean sònruichte d'a theagast nach bu choir a bhi air an dichuimhneachadh anns na làithean so, anns a bheil móran dhaoine an dùil nach 'eil ann an Dia ach gille-frithealaidh do mhac an duine, gille-frithealaidh nach 'eil air uairean suas ri ghnothuch. Tha uile thruaighean agus uile sheachrana an t-saoghail an diugh ag éirigh bhuaith so, gu bheil daoine cho bathaiseach an làthair an Cruitheir 's gu'n ardaich iad an toil féin agus an gliocas féin an aghaidh a thoile-san agus a ghliocais-san, agus gu'n diult iad géill is ùmhlaichd a thoirt d'a lagh naomh, ag ràdh 'fì an crìdheachan, Cò d' an aithne Dia, no d' an aithne a thoil? Tha feum aig an t-seòrsa dhaoine sin air guth làidir a chluinntinn, mar bha aig Iain Calvin, a' toirt fianuis mu'n Dia mhór agus ghlic agus uile-chumhachdach a dh' fhoillsich a thoil agus a reachdan anns a' Bhiobull, agus a tha a' riaghlaidh am fireantachd.

Na 'n tòisichinn-sa air seanchas ceart a dheanamh mu Iain Calvin air an duilleig so, chan 'eil fhios c' uin a sguirinn, oir tha a theagast a' togail a h-uile ceist a thogadh riagh mu Dhia agus mu bheatha na diadhaidheachd. Ach na 'n gabhainn orm féin a ràdh gu robh meang air bith anns an duine làidir so, theirinn gur e an rud a bu mhiosa ann an Iain Calvin, e bhi cho cinnteach as féin, agus cinnteach gu'n gabh Dia agus ruinteán Dhe rannsachadh. Bha inntinn cho geur agus cho làidir aige 's nach robh móran

dhiadhairean air an t-saoghal riamh a 'bha airidh air seasamh ri thaobh, ach' a thuilleadh air na buadhan comasach a bha 'n a inntinn bha eud agus dealas 'na chridhe a thaobh rioghachd Dhe agus glòir Dhe, a chuir sòluim-teachd agus tromadas anns a h-uile facial a labhair no sgrìobb e.

Is e teagasc an diadhair so a gheibhearr ann an cùbaidean Eaglais na h-Alba an diugh fhathast ged tha àile an t-saoghal ùir air a chur air le oiteagan caomh is blàth a tha a' séideadh o cheàrnaibh eile seach o Geneva. Ach cha chail Iain Calvin gu bràth an greim làdir a thà aige air iuntinnean agus air eridheachan dhaoine pongail aig a bheil gaol air a' Bhiobull agus air creideamh na h-Eaglais Ath-leasaichte.

Chan 'eil so a' ciallachadh gu bheil an creud a bha aig Iain Calvin freagarrach air a bhi air a ghabhail leis an Eaglais Naoimh Choitchinn mar a creud fén. Ciod air bith a their daoine eile chan 'eil mise co dhiu a' creidsinn gu'n gabbadh an Eaglais Naomh Choitchionn a bhi air a stéidheachadh air teagasc Iain Calvin. Tha an Eaglais Choitchionn an dà chuid na's farsuinge agus na's siorrhuidhe na Geneva, ach na feum aig an Eaglais Choitchionn anns gach linn agus anns gach tir air eaglais bheag eile a 'bhi 'n a broinn. Agus is e sin an t-àite a bhuineas do fhior mhuinntir Chalvin, iad a bhi 'n an eaglais bhig am broinn na h-eaglaise moíre, a chumail a coguis beò. Ged bha Piùrítanaich anns an t-saoghal fada roimh linn Chalvin is e Calvin athair nam Piùrítanach anns an Eaglais Ath-leasaichte, ach ged nach biodh e maith do'n eaglais gun seòrsa air bith dhaoine a bhi innte ach a mhàin Piùrítanaich tha e maith. *do'n t-saoghal agus do'n eaglais fuigheall* Piùrítanach a bhi innte, mar thaois agus mar shalann.

### De minimis non curat lex

Sin falas Laidionn a tha a' ciallachadh nach gabb an lagh gnothuch ri nithean faoine, no

suarrach, no gun fhiù. Is e aon de chomharraidhean a' ghliocais gu'n aithnich daoine air a' cheud shealladh dhiubh na nithean a tha beag agus suarrach, agus na nithean a tha mórr. Ged nach deanar feum anns an eaglais na's mòr na dheanar feum ann an cùisean na rioghachd gun lagh no gun smachd, tha e air uairean na's glice do'n eaglais an toil fhéin a leigil le daoine, agus saorsa a thoirt dhaibh dol ceàrr ma thogras iad. Bu mhaith do'n Eaglais Shaor Chléireachail na 'n do sheachainn i tràth an laghaireachd mu nithean suarrach a mhill a sith o chionn bliadhna no dhà, agus a tha nis air briseadh a dheanamh innte.

Cha toir am briseadh sin toileachadh do dhuine air bith anns a' Ghàidhealtachd anns a bheil túr no criosdalachd; tha móran dhaoine nach buin dhi glé dhuilich gu'n d' fhaur a naimhdean cothrom air bruidhinn uimpe gu tàireil.

Ged nach 'eil an Eaglais Shaor Chléireachail mórr, no sean, agus ged tha beachdan agus dòighean aice nach 'eil againne ann an Eaglais na h-Alba, tha i 'n a h-eaglais anns a bheil uaisle nàdurra, agus dilseachd, agus eagal dia-dhaidh. Cha do lùb i riamh a glùn do'n t-saoghal, is cha do leig i a taic ris; o thus a töiseachaidh sheas i gu duineil agus gu neosgàthach air an teagasc a bu chiuimhne a bha aig aithrichean Rois, ag iarraidh fois d'a h-anam le bhi a' gluasad anns na seann ròidibh. Cha bu chòir do dhaoine no do dh' eaglaisean eile a bhi a' faotainn coire dhi air a shon sin, eadhon ged nach 'eil an aon inntinn aca's a tha aice-se. Tha an saoghal farsuinn; tha an Fhirinn domhain; agus tha Dia do-rannsaichte; mar sin tha rùm ann an eaglais Chriosd do gach seòrsa dhaoine, ciod air bith a' chuinneag leis a bheil iad a' tarruing uisge na beatha á tobraighean na slàinte.

Bheireadh e toileachadh do'n h-uile duine aig a bheil meas air dilseachd agus air dia-dhaidheachd na'm faigheadh an Eaglais Shaor Chléireachail a nis fois o laghaireachd agus o aimhreit, agus o shùil gheur nam paipearan-naidheachd.

## An cuan aig sìth

LEIS AN URRAMACH EACHANN CAMSHRON, ANNNS A' MHOIGH

**I**HA torman 'tha binn aig tuinn na mara  
Gu siochail, athaiseach, réidh;  
A' pògadh na tràigh le näire leannain,  
Gu failidh 'g aithris a spéis.

Tha trusgan a' chuain gu h-uasal, daithte,  
An iasad faileas nan speur;  
Gach filleadh is lùb tha cumt' am maise,  
Gu dlùth an altaibh a chéil'.

Tha solus-an-àigh an àird a maise  
A' snàmh'troimh adhar gun ghruaim;  
Tha gainmeamh na tràigh 'n a blàir fo'n tuinne  
Air caochladh lurach fo 'buaidh.

Gach roc is sgeir-làir tha 'n àilleachd phurpur  
An tàmh an leaba na suain;  
Tha eunlaith nan speur gu léir air cadal  
No 'g eisdeachd cagair a' chuain.



## Toradh na trioblaid

*"Tha sinn a' deanamh uайл ann an trioblaidibh, do bhrigh gu bheil fios againn gu'n oibrich trioblaid faidhidinn."*—ROMAN V. 3.

IS móir am facal e do neach air bith a ràdh gu bheil e a' deanamh uail ann an trioblaidibh, ach is fhiach do dhaoine àmhghar fhulang ma tha an àmhghar sin ag oibreachadh annta toradh siocail na fireantachd.

Ged nach bu duine Pol a bheireadh 'inntinn do eòin an adhair, cha bu nàr leis air uairean fhaoisid a dheanamh r'a bhràithreán, agus innseadh dhaibh ciad a dh' ionnsaich e o fhreasdal Dhe 'na bheatha fhéin. Fhuair e a chuibhrionn de thriobladean an t-saoghal so, ach ged a ghiùlain e 'na chorpa agus 'na spiorad comharraidhean an Tighearn Iosa, cha do rinn e riagh gearan, agus cha do chaill e a mhiseach, oir mar bha na bliadhna chan a' dol seachad bha Dia a' teagascg dha gu'm bu leòr a ghràs-san air a shon. Cò is urrainn an duilleag a tha e a' toirt dhuinn á leabhar a bheatha ann an 2 Cor. xi. 24-29 a leughadh gun a chridhe bhi goirt? Ach ged a bha a bhodhig air a sàruachadh agus air a pianadh le mend fhulangais bha an duine o'n leth a stigh air ath-nuadhachadh o là gu là. Cha b' ann mu thuaiream, uime sin, ach o fhiosrachadh pearsona fein a thubhaint e gu'n oibrich trioblaid faidhidinn.

Tha am facal a chleachd Pol a' ciallachadh barrachd 's a tha sinne a' ciallachadh an diugh leis an fhacal faidhidinn; tha e a' ciallachadh misneach is seamhachd. Anns an litir a sgriobh e gu Timoteus tha e ag iarrайдh air cruidh-chás fhulang mar dheagh shaighdear Iosa Criod; agus is e an spiorad sin, spiorad an t-saighdeir a sheasas ri cruidal gun ghearan, a tha e a' ciallachadh le faidhidinn.

## Na ceud chreidmhich

Is e an t-aobhar gu bheil an Tiomnadh Nuadh a' cur a leithid de chudthrom air na triobladean a thachras air sluagh an Tighearn anns an t-saoghal so, gu robh e air a sgriobhadh ann an amannan deuchainneach. A thuileadh air na triobladean cumanta d'a bheil mac an duine buailteach o bhreith gu bhàs, dh' fhuling na ceud chreidmhich deuchainnean is cruidal nach aithne dhuinne an diugh. Bha an saoghal uile agus cumhachdan an t-saoghal 'nan aghaidh; dh'fhuling iad eas-urram, is ana-cainnt, is geuleannmuinn; rinneadh iad mar shalchar an t-saoghal, agus mar anabas nan uile nithean; agus dhearbh iad air an cosdus gu'm b' fhior an facal a la hair an Slànuighear—"Anns an t-saoghal bithidh àmhghar agaibh." (Eòin xvi. 33). Ach

bha fios aca co ann a chreid iad, agus cha do mheas iad gu'm b' airidh fulangas na h-aimsair a ta làthair bhi air a choimeas ris a' ghlòir a bha ri teachd, oir bha sùil aca ri rioghachd ghlòrmhor is shiорuidh. An àite a bhi air an tilgeil sios, no bhi fo dhìobhail misnich, dh' oibrich na deuchainnean ud faidhidinn annta, air chor agus gu'n do chòmhraig iad an deagh chòmhrag mar shaighdearan crualalach, a' sior-mheudachadh ann an obair an Tighearna, agus a' feitheamh ri duais na fireantachd a bheir Criodhsaibh-san uile leis an ionmuinn a theachd.

Ach ged a chaidh làithean nageur-leanmuinn seachad, agus a dh' fhaodas daoine ainn an Tighearna aideachadh an diugh gun eagal am beatha, no eagal am maoin shaoghalta a chall, tha e fhathast fior gur ann tre iomadh àmhghar a théid neach a steach do rioghachd Dhe.

Is lionmhor trioblaid agus teinn  
Thig air an fhírean choir;  
Ach asd' air fad ni Dia nan gràs  
A theasairgimn fadheòidh.

## Foirfe tre fhulangas

Chan'eil am Biobull a' teagascg gu'm bi cursa an fhreasdale anns an t-saoghal so na's bàigheile ris an fhírean na bhios e ris an aingidh. Tha na h-abstoil a' teagascg gur e an ti as ionmuinn leis an Tighearn a smachdaicheas e, agus ann an samhladh an fhionain fhìor tha ar Slànuighear ag ràdh nach ann idir ris a' chrionach no ris na geugan marbhba a bheanas sgian a' ghàirnealair, ach ris na geugan a tha beò, agus a tha tabhairt toraidh, *chum gu'n giùlain iad tuilleadh toraidh*. Bha eadhon uighdar ar slàinte air a dheanamh fairfe tre fhulangas, agus feumaidh na deis-ciobuilimeachd air a' cheart shlighe air an do choisich am Maighstir. Is e a' chrioch a tha aig gach freasdal searbh is duileadas a thachras air a' Chriosduidh, a chreideamh a dhearbhadh, agus a dhòchas ann an Dia trachadh, agus 'inntinn a tharruing air falbh o nithean faicsinn-each gus na nithean a ta siorruidh.

Chan fhaighean smior a' chruithneachd gus am bi an t-arbhar air a bhualadh, agus air a chriaradh, ach ged nach 'eil e taitneach do fheòil duine gu'm biodh e air a bhualadh agus air a chriathradh le freasdal Dhe mar a għlanas tuathanach siol, għidheath an déidh läimhe theagħamh gu'n toir e buidheachas do Dhia nach do leig e leis socruchadh air a dheasgainnibh.

"Is maith dhòmhsa," ars' an Salmadair, "gu robh mi ann an àmhghar." Dh' fhaodadh iomadh duine eile a cheart ni a ràdh bho làithean an t-Salmadair, oir bheir trioblaid daoine chuca féin agus gu Dia. "Ghlaodh mi air Dia 'n am theanntachd."

### Dia aig an dorus

Chan 'eil freasdal searbh air bith, am feadh 's a tha e a làthair, sòlasach ach doilghiosach, gidheadh tha e dhaibh-san a tha 'ga ghiùlan gu h-iriosal, faidhidinneach, 'na iuchair a dh' fhosglas na seòrmraichean as maisiche ann an tigh Dhe. Chan 'eil Dia aig àm sam bith cho dlùth d'a shluagh 's a tha e annan là na trioblaid. Annan an là sin tha e da rireadh 'na sheasamh aig an dorus agus a' bualadh. Tha e 'g an tarruung le còrdaibh a ghráidh, ag iarraidh orra an taic a leigeil ris féin, agus deas gus an gealladh a choimhlionadh dhaibh, "An uair a théid thu troimh na h-uisgeachan bidh mise maille riut." Tha ainglean Dhe a' tighinn gu dorsan dhaoine air uairean ann an cruth eagallach; ach is fhiach ainglean Dhe aoigheachd a thoirt dhaibh ge b'e cruth anns an tig iad, oir beannachidh iad an fhàrdach anns an cuir iad seachad oidhche.

Chan 'eil ar trioblaidean a' tighinn thugainn gun fhios do Dhia, agus cha tigeadh iad idir mur biodh feum orra. Deanaibh gàirdeachas,

ars' an t-abstol Seumas, 'nuair a thuiteas sibh ann an iomadh gné dheuchainnean, air dhuibh fios a bhi agaibh gu'n oibrich dearbhadh bhur creidimh faidhidinn. Is teagast duilich so, da rìreadh; ach is fhiach do dhuine dol troimh mhòran dheuchainnean ma tha iad 'g a thoirt na's dliuthe ri Dia, agus a' neartachadh a chreidimh ann an gràdh agus ann an caomh-alachd ar n- Athar nèamhaidh.

### Faidhidinn dhiadhaidh

Ciod, ma ta, is urrainn sinn a ràdh riu-san a tha fulang pian cuirp, no àmhghar inntinn, no bròn eridhe, ach a bhi fo dheagh mhisnidh do blrig gu bheil Dia a' buntainn riu mar ri cloinn. Ged tha am freasdal sin searbh an dràsd, tiomndaidh an searbhadas gu milseachd, ma ghiùlaineas iad an trioblaid le ciùine, agus le misneach, agus le faidhidinn. 'Nuair a dh' fhàsas daoine gearanach, no as-creidmheach, no ceannairceach, fo smachdachadh an Tighearna, tha iad a' dùblachadh an doilghios féin, agus is cùalaidh-thruais iadsan a gheibh trioblaid *gun a toradh*. Tha Dia ceart 'na uile shlighean agus naomh 'na uile ghnìomharan, làn gràidh, agus tòcair, agus caomhalachd, eadhon 'nuair a ghairmeas e oirnn ar crann-ceusaiddh a ghiùlan. Is e so an creideamh a bheir an gath a trioblaidean an t-saoghal, agus a dh' oibriceas annta-san aig a bheil e faidhidinn dhiadhaidh.

## Adhlacadh aig Muir

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUINN, PH.D., AN CILL-MO-NAOMHAIG

ANN am meadhon an Earraich so chaidh seachad, bha aon de shoithichean ainmeil Bhreatuinn air acair fa chomhair Alexandretta, baile-puirt beag, tlachdmhor, anns an achlais eadar an Tuirc agus Siria. Bha a suas ri tri cheud luchd-turuis air a bòrd, cuid dhiubh a' dol gu h-Ur nan Caldeach air tailleamh clùiù Abram; cuid do Thir a' Gheallaidh; agus cuid eile do 'n Eiphit. B'e maduinn na Sàbaid a bha ann; agus an déidh braiceis agus aoraidh a bhi seachad, bha a' mhór-chuid a' dol gu tir ann am bataichean-aiseig. Bha mise am measg na buidhimn so; agus air dhuinn an ceidhe a ruigheachd, chaidh mi ann an seanchas ri Sirianach a bha, a réir coslais, fo dhleasdanas seòladh is fiosrachadh a thoirt dhuinn mu 'n bhaile. Bha e làn Beurla, agus bha e soilleir gu'n robh e air son gleus a chumail oirre. Sheall e ormsa, mar gu'm bu mhi ceann-feadhna na cuideachd, agus thubhaint e: "Nach cianail an gnothuch a thachair air bòrd agaibh an raoir!"

"Dé an gnothuch?" dh' fharaid mi le mór iongnadh.

"Nach 'eil mar a dh' eirich do'n dotair agaibh, a thug air falbh a bheatha féin," fhreagair e.

"Cha chreid mi nach 'eil thu air do mhealladh," arsa mise. "Cha chuala mise am fathunn is lugha air ni de 'n t-seòrsa; agus shaoilinn nach tachradh a leithid gun fhios dhomh fhéin, no do neach-eigin de m' chompanaich."

Sheall e orm le amharus, mar nach bitheadh e 'g am chreidsinn, agus thubhaint e:

"Chan 'eil na Breatunnaich air son aideachadh gu bheil iad coltach ris a' chòrr de chloinn nan daoine. Feuchaidh iad ris a' bhàs fhéin fholahach."

Dh' fhàg mise an Sirianach a' freagairt cheisteann na bha a' tighinn as mo dhéidh, ach chuir an naidheachd dragh orm; oir bha e soilleir dhomh gu'n robh e glé chinneach aisde, neo-choltach is mar a bha i. Cha labhradh duine tûrail air bith mar a labhair esan gun deagh Bharantas a bhi aige.

### Dotair Sasunnach

An ceann thrì uairean, bha sinn air ais 's an t-soitheach; agus thòisich mise air farraid gu faicilleach an do shiubhail neach air bith air bòrd an raoir. Cha chuala aon ris an do bhruidhinn mi gu'n do thachair a leithid. Fhathast, bha naidheachd an t-Sirianaich a'

bùrach 'n am inntinn. Mu dheireadh, chaidh mi far an robh am prìomh stiùbhard ; agus dh'aidich esan gu'n robh na chuala mi glé dhlùth air an fhàrrinn. Cha b'e dótar an t-soithich, ach aon de'n luchd-turuis, seann dotair Sasunnach, teamh air ceithir fisheadh bliadhna a dh'aoid, a fhuaradh marbh 'n a leabaidh anns a' mhaduinn ; agus bha e soilleir gu'm b'ann le a làimh fèin a thàinig crioch air a bheatha. Thugadh òrdugh do'n sgioba a bhi tosdach mu 'n chùis ; oir cha toigh le luchdturuis tighinn fo sgàile a' bhàis ; agus idir cha mhaith leòsan a tha a' toirt còmhla chuid-eachdan-siubhail neul a leigeil thairis orra, ma ghabhas e seachnad.

An uair a thug mise mar a bha, cha do leig mi a bheag orm ri càch m'a dhéidhinn, ach thuig mi gu'n robh fhios aig feadhainn eile air cho maith riùm-sa. Aig a' cheart àm, chuir mi romham gu'm faicinn adhlacadh mo chomh-chreutair anns a' chuan ; oir dh' innis an stiùbhard dhomh gu'n robh so ri tachairt aig a' mheadhonn-oidhche, an déidh do 'n bhàta a bhi a' seòladh mu dhà uair ; bhiodh i mu'n àm ud fáda mach air àird a' chuain.

Tha seòladairean èòlach air a leithid so de adhlacadh ; ach ged a chunnaic mise ceudan 'g an eûr 's an uîr, chan fhaca mi a h-aon roimhe sud 'g a liubhairt do'n mhúir.

### Air a' mheadhon-oidhche

Tacan roimh an uair, chaidh mi a mach a shealtuinn an robh ullachadh air bith a' dol air aghaidh. Bha an oidhche glé dhorchha, ged a bha na reultan ri 'm faicinn. Cha robh aon de 'n luchd-turuis air àrlar àrd no iosal—ni a chuir mór iongnadh orm. Bha iad an déidh dol a luighe ; agus bha a' chuid bu mhotha de sholuis nan seòmar-suidhe mùchta. Sheas mi far am faicinn an gnothuch a bha ri dheanamh.

An ceann bheagan mhionaidhean, mhothaich mi gillean is nigheanan ann an deiseachan geala—na stiùbhardan agus na bana-stiùbhardan—a' cruinneachadh air àrd-àrlar a' bhàta. Bha ni-eigin mi-nàdurra leam anns an t-sealladh ud air a' mheadhon-oidhche—mar bhuidhean thàmhasc a' gluasad gun fhuaim, gun fhacal, eadar mi is an speur ; ach dhirich mi far an robh iad, agus air dhomh dlùthachadh riu, chunnaic mi gu'n robh feadhainn de oifigich a' bhàta a làthair. Aig taobh a' bhàta, bha ceathair sheòladairean 'n an seasamh, dithis aig ceann, agus dithis aig casan a' mhairbh, a bha sinne air déile, suainte ann an cleòca cainbe. Bha na casan ris a' chuan dhorchha, is meall tròm iaruinn ceangailte riu.

### "Oifig nam Marbh"

Am feadh is a bha sinn a' feitheamh, cha robh fhios agam-sa co dhiubh a bhithheadh seirbhis aoraidh ann no nach bitheadh ; ach

cha robh sinn fada ann an teagamh. Chualas clag a' bualadh ; thugadh a ruith o'n luing ; is thàinig i ach beag gu stad. An sin chunnacas trì ministirean ann an éideadh cléreachail na h-eaglais Shasunnach a' tighinn air an aghaidh. Leugh fear dhiubh "Oifig nam Marbh," ach air a giorrachadh, agus ann an tomhas air a h-atharrachadh ; agus an sin, thubhairt e : "O na thàinig crioch air beatha shaoghalta an duine so ('g a ainmeachadh) tha sinn a nis a' liubhairt a chuirp bhàsmhoir do 'n dòimhne." Aig an fhacal so, thog na seòladairean ceann na deile ; agus mar úrchair á gunna, theirinn na bha sinne oirre thar na cliathach do'n dorchadas. . . . Chualas sgaile chruaidh ag éirigh o'n uisge fada shios, mar gu'm buaileadh slat air bord ; agus anns an t-sàmhchair throm a lean, sgooil briathran caomh a bheannachaidh—"Gu robh gràs an Tighearna Iosa Criosd maille ruinn uile. Amen." Cha d' fhairich mi riamh an comhfhurtachd cho cumhachdach. "Gliong-glin-gliong," sheirm an clag ; għluas an soitheach air a h-agħaidh air a turus ; agus thill sinne gach aon gu a chūl fèin innte.

### Bròn na beatha

Cha robh mise a làthair riāmh aig gnothuch cho soluimte dhomh ; oir bha móran aobhair breithneachaidd anns a' chuis : seann dotair a chaith a bheatha a' frithhealadh gu gràsmhor do dhaoine 'n an anshocair agus 'nan teinn ; a chaill a bhean an uiridh ; aig an robh teaghlaich, sgapte feadh an t-saogħail ; agus a bha air fhàgail leis fèin 'n a dhachaidh 'n a laigse. Thàinig e air falbh air an turus ud ag iarraidh atharrachaidh is urachaidh d'a spiorad ; ach ged a bha e air a chuaireachadh le ceudan anns a' bhàta mhór, bha e 'n a aonar eadhon aig bòrd na dinneir ; oir thàinig faillinn is neònachas air inntinn. An sin, bha an ni a rinn e mu dheireadh—cuisle-fola fhosgladh—gus e-féin a dhealachadh ri saoghal de 'n robh e sgìth, agus ri daoine anns nach robh tlachd aige ni b' fhaide. Agus a chrìochnachadh na sgéil dhuhbaich, bħla adhlacadh a chuirp ann an dòimhne na mara anns a' mheadhon-oidhche le làmhaibh choimheach, gun duine a làthair d'a chomh-luchd-turuis ach na ministirean, aon choimhearsnach, agus mise, aig nach robh an t-eòlas a bu lugha air. Tha fhios agam-sa glé mhaith gur coma c'aité an tiodhlaicear column, ma nithear sin cho òrdail, spéiseil is a chead-aicheas an suidheachadh aig an àm ; ach a dh' aindéoin sin uile, cha dì-chuimhnich mi ri m' bheò adhlacadh falachaidh an lighiche aosoṁhoir anns an dorehadas air druim fhuaraidh a' chuin, is eàch 'n an cadal.

"Feuch air fear-coimhid Israel  
Cadal chan aom no suain."

# Oidhche Shathurna a' Choiteir

le Rob Burns

AIR A CHUR AN GAIDHLIG LEIS AN URRAMACH EACHANN CAMSHRON ANNS A' MHOIGH

**A**N t-suipeir shuilbhír seach, le aodainn stòld',  
An cois na cagaitl deanar buaile réidh ;  
An t-athair tionndaidh suas le tlus prìomh-athar  
chòir

An Biobull-Mór, aon uabhar athar féin  
A bhoineid leagaidd urramach ri thaobh,  
Le leth-chinn ghlasa, tana, lom gu leòr,  
'Am briathran milis Shioin siubhal sèimh  
A chuibhrionn taghaidh e le cùram fòil,  
Is "aoramaid do Dhia," deir e le sòluimt' glòir.

Is seinnidh iad am fuinn gun ghò, aon-fhillt'  
Le gleusadh eridh—a' chrioch is taght' gach  
àm—

Ma dh' fhaoiadt' "Dundeagha," coireal àrd, gun  
strì,  
No tùrs' nam "Martarach" d' an dlighe 'n  
t-ainm ;

No "Eilginn" nasal lasadh suas an ann' ;  
'S i 's binne seirm measg laoidhean naomh a  
thir.

An coimeas riu tha ceilearan na h-Eadailt fann,  
'S cha gheus iad fonn tre'n chluais gu mire  
eridh',

No aon-ghuthachd gu moladh coimhliont' an  
Ard-Righ.

Mar shagairt leughaidh e 's an earrainn naoimh  
Mu Abram caraid fior an Dé is Aird' ;  
No Maois ag iomairet Cogaidh bhuaín 'n a lò  
Le Amalec cruaidh gun iochd' s a shliochd gun  
ghràs ;

No mar a laigh bàrd rioghail Isr'el bhàn  
Fo aichmheil chràitich àrdan Righ na Glòr ;  
No Iob le achuing ghoirt is eubhach gàir,  
No sgàil Isaiah dhéin, mar lasair bheò ;  
No eachdraidh fhàidhean eile dheasaich cruit  
gu ceòl.

Ma dh' fhaoiadt' gur soisgeul Chriosd an cuspair  
féin,

'S an fhuil gun chiont an éirig ciont nan slògh ;  
'S an Ti d' an còir an dara ainm air nèamh  
A bhi 's a' chré gun dion, gun sgèimh, gun  
dòigh ;

'S mu thriall a chiad luchd-leanmuinn feedh  
gach còrs',

'S gach teagastg crionna sgriobh 's a sgaoil an  
céin ;

Is fògrach Phatmois, sgairete fad' o'n chòrr,  
A' faicinn aingil ghlòirmhoir anns a' ghréin,  
'S a cluinnntim binn na Bab'lóin mhór le òrdugh  
Dhé,

A' sleuchdadh sios do'n Righ, Iehobhah Nèimh,  
Ni 'n naomh, an t-athair, 's am fear-pòsd' a  
ghuidh :

Ni Dòchas "buadhmhòr éirigh suas air sgéith"  
Mar so gu'n céilidh iad an tir nan saoí,  
An soils' neo-chruthaichte 'g an grianadh  
choidhch',  
Gun osnadh cràdh', gun sùil a' sileadh dheur,  
A' luaidh a' Chruthadair le h-iomadh clùi,  
'S an fhìor cho-chomunn chiadn', ach cian na's  
feàrr,

'Nuair shiubhlas tìm mu'n cuairt 'an saoghal  
ùr gu léir.

Mu choinneamh so nach suarach uabhar creud  
Le uile mhòrchuis ealaidean is sheòl,  
'Nuair thaib's nar fös do choimhthionail air  
mhend

Gach sgèimheachd ionracais, gun chridh' d' a  
dheòin !

An t-seirbhis ghreadhnach, fhuaimneach, cléir  
is stòl

An Cumhachd Mór 'an corruiich naomh gu'n  
tréig,

Ach, theagamh, ann am bothan beag gun sgòd,  
Le tlachd gu'n eisid E cainnt an anna shèimh  
'S gu'n sgriobh E ainm na th' ann 'n a Leabhar-  
beatha féin.

'N sin dhachaidh uile 'n ceum fa leth gu'n stiùr,  
Is clann an tighe laighidh sios gu fois,  
'S an lànain-phòsd' an tÙmlachd dhòmhair,  
dhlùth,

'S an iarrtas seirceil, ciùin, gu nèamh gu'n tog,  
An Ti bheir clàmbar nead a bhràin gu clos,  
'S le mais' ni'n lili mìn 'n a righ nam flur,  
Gu'n deanadh E (ma chi a ghlòcas ceart)  
Dhaibh fhéin 's d'an leanaban freasdal caomh,  
Ach, thar gach ni, gu'n riagh'l E'n eridh le gràs  
ro-naomh.

Bho shamhail so tha mórrachd Albainn aosd'  
A choisinn gaol a sliochd is meas an céin.  
No falach righ am prionns 's am flath araoen,  
Ach "duine ceart, 's e obair 's misach" Dhé."  
Gu beachd, an slighe ionracais nan neamh  
Tha 'Phàilis cian an déidh a' bhothain fhaoin :  
Ciod mòrchuis duine-mhòir, ach eual gun fheum,  
Cur falach tric air truaghan lag measg dhaoin',  
'S cuilheart ifrinn eal'ain, 's droch-bheart  
oilean is a shaod.

O Alba ghaoil, a thìr mo bhreith 's mo ghràidh  
 Do'n tog mi m'achuing 's cràbhaiche gu Dia,  
 Do mhic gach ial tha 'g àiteach fuinn do bhlàir  
 Gu'm mealadh slàint is sìth is sonas riair,  
 'S gu'n stiùradh Nèamh am beatha shimplidh,  
 dhian  
 Bho thrualleadh cianail sòigh, cho anmhuinn,  
 nàr ;  
 'S ge b'e mar sgathar coroin 's crùin, gun rian,  
 Gu'n éirich muinnitir mheasail cheart gu bràth  
 Mar bhalla teinteach dion mu'n I d'am bheil  
 ar bàigh.

## Aig an Uinneig

### Co-chruinneachadh Spioradail.

**T**HÀ an Co-chruinnccachadh so ri bhi ann' an Srath-pheofharan an deireadh September mar is àbhaist. Tha fhios aig a h-uile duine anns an Taobh Tuath aig a bheil suim anns a' bheatha dhiadhaidh gur e erioch àraidh a' Chruinneachaidh so cothrom a thoirt do luchd-aideachaidh as gach eaglais urningh a dheanamh còmhla, agus bruidhinn ri chéile a thaobh nan dòighean anns a bheil e comasach dbuinn neart ur agus gràs ùr a tharruing as an lànachd a tha ann an Dia.

An uirdh bha an eaglais anns an robh na coinneamhan air an cumail làn a h-uile oidhche, is bha iad air am beannachadh do mhóran. Tha Dia a' feitheamh gus tìodhlac spioradail a thoirt d'a shluagh m'a tha ionndrainn bheò 'n an anam.

Aig deireadh na seachduin (23-26 September) bitidh coinneamhan ann air son na h-òigridh, is bitidh na coinneamhan eile a' dol air aghaidh o Dhi-luain gu Di-ardaoin (26-29 September), is bitidh iad uile anns an eaglais aig an Urramach Seumas Johnstone, eaglais a ghleidheas ceithir cheud gu leth.

Duine air bith a tha air son dol ann, chan 'eil aige ach sgriobhadh gu ministear Bhaile-Dhubhaich, an t-Urramach H. W. Oldham, is innsidh esan dha ciamar a théid e timchioll a' ghothuich.

Bithidh I. M. Waite anns a' Chathair, is bitidh na bràithrean so a' labhairt aig na coinneamhan,

An t-Urramh Dòmhnull Davidson, B.Litt., Ph.D.

An t-Urramach F. C. Gibson, B.A.

An t-Urramach E. H. Nash, M.A.

Caiptean Reginald Wallis.

Seumas E. Duncan, M.A.

"Naomhaich iad troimh an fhàrrinn; is e 'fhal-sa an fhàrrinn . . . chum gu'm bi iad uile 'n an aon; chum mar a tha thusa, Athair, annam-sa, agus mise annad-sa, gu'm bi iadsan mar an

O Thus' a thaom mar thonn gràdh-dùthcha nuas Le buine bras troimh chridhe Ualais thréin Gu easg' le dànanachd uasal fòirneart 's uaill— A roghainn uabharach b'e buaidh no éug— 'S Tu Dia an dàimh gu comharraicht' gach ré, A charaid brosnachail, fhear-dion, 's a dhuais, Gu suthain sior ar rioghachd na fag 's na tréig : Tog féin na dàimh a suas is bàird nan duan Le lainnir bhuan g'a dion 's g'a riomhachadh le'n luaidh.

## Aig an Uinneig

cendna 'n an aon annainne, chum gu'n creid an saoghal gu'n do chuir thusa uait mi."

### An t-Urramach Aonghus Mac Phàrlain, F.S.A.

Bha móran d'a bhràithrean anns an eaglais duilich a chluinntinn gu'n do chaochail an duine ciùin agus an duine còir so air a' mhios a chaidh seachad.

An làithean òige bha e 'n a mhaighstir-sgoil ; bha e air a shuidheachadh am Bàn-áth, an Cléir Inbhir-nis, an 1909, far an do shaothraich e gus an do leig e dheth a dhreuchd an 1934, an uair a bhris air a shláinte.

Bha e 'n a dhuine réidh agus 'n a dhuine caomhail, a chuir seachad euid mhaith d'a bheatha, gu litireil agus air dhòigh eile, an cluainibh gorma làimh ri uisgeachairbh ciùine ; dìchiollach 'n a obair, agus mion còlach, chan e mhàin air na daoine am Bàn-áth, an Dubhras, agus an Obar-itheachan, ach air gach dùn, agus cladh, agus iasg, agus luibh, agus craobh edair Meall-Fuar-mhonaidh agus Creag Phàdraig. Air athais féin bha e 'n a sheanchaidh maith aig an robh móran fiosrachaidh mu 'n t-seann t-saoghal anns a' Ghàidhealtachd a tha a' dol as an t-sealladh, is bha e coltach ri Solamh anns a' cheum so, gu'n labhradh e gu tlachdmhor mu chraobhan, o'n chramh-ghiuthais a dh' fhàsas an Doch-an-easaidh gu ruig an grunnasg agus garbhagh an t-sléibhe, agus mar an ceudna mu aimhneachan, agus mu eunlaith, agus mu nithean a shnàigeas, agus mu éisg. Ann an leabhrachean a bhitheas Comunn Gàidhlig Inbhir-nis a' cur a mach gheibhear euid d'a obair, ; sgriobh e ann an leabhar na bliadhna 1924-1925 mu ainmean luibhean, agus gu sònruichte mu luibhean anns an robh na seann daoinne a' faotainn iocschlàint is leigheas.

Bha ealadhain aige cuideachd air ranntachd, is thionndaidh e laoidhean Beurla gu Gàidhlig. Bha e 'n a dheagh sgoilear Gàidhlig, ach na b' fheàrr na sin air fad, bha e 'na dhuine maith a għluais gu h-iriosal maille ri Dia agus am fianuis dhaoinie.

# Na Sgoilean Gàidhlig

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., AN HACRAIG

**C**HO fad's is cuimhne dhomh, tha a' cheist so, leabhar-gràmar Laidionn a bhatar a' cur am feum ann an sgoilean na mainisdirean Eireannach anns na seann làithean. "Cò e an duine borb?" An fhreagairt: "Cò ach an neach a bhios a' labhairt na Gàidhlig?" Tuigidh sinn gu'n do sgrìobh fear-deasachaidh an leabhair a' cheist sin mar rabhadh do na balaich Eireannach gun iad a bhi bruidheann na Gàidhlig 'nam measg fhéin' nuair bu chòir dhaibh a bhi cleachadh na Laidionn. Chan'eil teagamh nach robh feedhainn am measg nam fear-leighinn Eireannach nach robh a' coimhead le suil ro mhaoth air càinidh dhùthchail an t-sluagh.

Thachair an ni ceudna 'nar measg fhéin ann an Gàidhealtachd na h-Alba. Is iomadh sgoilear a fhuair an *tàs* gu goirt air son a bhi cleachadh na Gàidhlig an claisneachd a "mheastair." B'e aobhar da sin gu robh luchd-riaghlaidh na dùthcha agus seanaidhean na h-Eaglais anns an 18mh linn agus roimhe sin an dearbh chinntach nach tigeadh eòlas, no ionracas, no aghartas, chum na Gàidhealtachd gus an rachadh a' Ghàidhlig á bith. Bha na Gàidheil, ann am beachd fir a bha deanamh tagairt am measg nan Sasunnach air son cobhair do na sgoilean a bha an Comunn air son craobh-sgaoilidh an t-Soisgeil a' suidheachadh anns a' Ghàidhealtachd, bha na Gàidheil "cho aineòlach ris a' chrodh, agus cho neo-thorach (ann an seadh spioradail) ri mointeach dhubbh nam beann." Am beachd an duine-uasail sin, agus am beachd na roinn bu mhòtha de shluagh na Galldachd, b'e sàr-aobhar an dorchadais iomlain sin, gu robh na Gàidheil air an sgaradh o'n chuid eile de'n rioghachd le cainnt chéin agus modhanan borb.

Tha e duilich a chreidsinn gu robh Gàidheil na h-ochdamh linn deug cho borb's a bha Goill an taobh-deas a' deanamh a mach. Gun teagamh, cha b'urrainn de'n mhór chuid dhubh sgrìobhadh no leughadh, ach bha earrann chumadach de shluagh Shasuinn a bha anns a' cheart dòigh.

## An Iuchair a dhìth

Anns na sgoilean a shuidhicheadh leis a' Chomunn Urramach air son Craobh-sgaoilidh an t-Soisgeil an Alba, bha e air a thoirmearg leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig a theagasc. Bha sin mar sin ged a bha bàird ainmeil coltach ri Mac Mhaighstir Alasdair agus Dùghall Bothchanan am measg nam maighstirean-sgoile a bha teagasc anns a' Ghàidhealtachd anns an 18mh linn. 'Nam beachd fhéin, bha an Comunn Urramach sin a' deanamh gu maith air son leas

spioradail agus aimsireil nan Gàidheal. Ach 'nuair a chaidh am Biobull Gàidhlig a chur an clòdh anns a' bhliadhna 1807, chaidh sealladh eile a chur air gliocas a' Chomuinn. Bha Facal an Tighearn a nis aig na Gàidheil 'nan càinidh fhéin, ach cha robh ann ach a bheag a bha comasach air a leughadh. Bha an t-ionmhas siorruidh am fagus, ach bha an dorus glaiste agus an iuchair a dhìth.

Ann a' chàs sin, dh' eirich Comuinn àraidih a ghabh as làimh oilceanachadh a thoirt do na Gàidheil 'n an càinidh fhéin. Bha Comunn Inbhir-Nis agus Comunn Ghlascu a' tairgsinn teagasc ann an cunntas agus ann am Beurla a thuilleadh air a' Ghàidhlig. Ach ann an sgoilean Comuinn Dhùn-Eideann, bha e air a thoirmearg oilean sam bith a thoirt seachad ach leughadh Gàidhlig a mhàin. Agus air an aobhar sin, is ann air sgoilean Chomuinn Dhùn-Eideann is iomchuidh dhuinn an t-ainm urramach "Na Sgoilean Gàidhlig" a bhuleachadh.

## Cor an t-sluagh

Bhiodh e iomchuidh a nis coimhead gu h-aithghearr air cor an t-sluagh a thaobh oilean. Thòisich Comunn Sgoilean Dhùn-Eideann ann an 1811. Mu dhusan bliadhna 'na dheidh sin, rinn Comunn Inbhir-Nis oidhriph thapaidh air àireamh a dheananamh air an t-sluagh chum gu'm biodh fhios aca e'aité am bu fhreagarracha dhaibh sgoilean a shuidheachadh. B'e so an cunntas a fhuair iad air an Eilean Sgitheanach, agus mur robh na h-eileanan eile, agus taobh an Iar na Gàidhealtachd na bu mhiosa, cha robh iad mór sam bith na b' fheàrr. Bha sluagh an Eilein ag àireamh 22,453; mu dhà uiread's tha e an diugh. Dheth 'n àireamh sin, bha 11,182 pearsa os ciomh ochd bliadhna dh'aois nach b'urrainn facal a thoirt a leabar sam bith. Bha còrr is 1600 teaghach anns nach robh neach a b'urrainn leughadh. Bha faisg air mile teaghach a bha fuireach còrr is còig mile o'n sgoil a b'fhaigsge. Bha 2379 teaghach aig nach robh Biobull anns an dachaidh; is e sin dà thriant an t-sluagh gu léir. Ann an Diùirinis bha còrr is còig ceud; ann an Cill-Mhoire, bha faisg air ceithir cheud tigh anns nach robh Biobull no Tiomnadh Nuadh.

## Sgìrean farsuinn

A bharrachd air sin, bha earrann mhór de'n t-sluagh a bha fada, fada bho eaglais. Bha na sgìrean ro mhór; bha an sluagh dùmhail; bha na h-eaglaisean gann. Is iomadh gleann lion-mhor nach fhaigheadh cothrom air seòrbhis ach trì no ceithir uairean 'sa bhliadhna. Dh'fhaod-

adh am ministir a bhi easgaidh, dileas, cràbhach, ach ged a bhiodh e ag obair a làtha agus a dh'oidhche, cha robh e comasach dha a dbreuchd a choimhlionadh gu h-éifeachdach a thaobh treud cho mór a bha sgaipte air feadh dùthach cho farsuinn. Ann am beagan de na sgir-eachdan, an fheadhainn a b'uireasbhuide, bha na ministirean a' faotainn cuideachaidh o na ceistearan agus na missionaraidhean a bha air an cur a mach leis an *Royal Bounty Committee* agus leis a' Chomunn air son Craobh-sgoilidh an t-Soisgeil. Bha mu dhà fhichead missionaraidh agus na b' lugha na dà fhichead ceistear a' saothrachadh fo chùram na dà bhuidhinn sin. Bha sin 'na deagh chobhair, ach beachdaich-eamaid gu robh sluagh na Gàidhealtachd ag aireamh faisg air 400,000 anam.

### Am Biobull a mhàin

Anns a' chàs sin, ghabh Comunn nan Sgoilean Gàidhlig gu eridhe briathran an Abstoil a labhair a thaobh a mhiniestrealachd fhéin, "Aon ni tha mi a' deanamh." B'fheudar comes a thoirt do na daoine Facal an Tighearn a leughadh anns an aon chànan a thuigeadh iad. Chuir iadsan rompa gu'n toireadh iad an cothrom sin dhaibh. Ann an riaghailtean a' Chomuinn bha e air òrdachadh nach gabhadh luchd-teagaisg a' Chomuinn gnothuch ri obair sam bith ach a bhi ag ionnsachadh an t-sluaign a bhi leughadh nam Sgriobtuirean. Chan fhaodadh iad searmonachadh ; ged a bha e ceadaichte am Facal a mhíneachadh. Chan fhaodadh iad cunntas, no sgríobhadh, no Beurla Shasunnach a theagast. Ma bha neach ag iarraidh fòghlum saoghalta, faigheadh e sin anns na sgoilean eile a bha uidheamaichte air son na h-obrach. Cha b'e cor aimsireil, ach leas spioradail nan Gàidheal, a bha 'na uallach air eridhe Muimnitir nan Sgoilean Gàidhlig. Tha e a' saoilsinn neònach dhuinian an diugh gu robh luchd-riaghlaidh nan sgoilean cho daingeann an aghaidh nam maighstirean-sgoile a bhi searmonachadh, eadhon ged a bha cuid dhiubh a bha làn chomasach. Ach bha deagh aobhar ann air son na riaghailt.

### Eagal aimhreit

Bha roinn mhaith de Chaitligich anns a' Ghàidhealtachd. Bha an Comunn air son gu'm frithdealadh a' chlann Chaitligeach na sgoilean Gàidhlig comhla ris a' chloinn Phròstanach. Bha Easbuig nan Eileanan agus na sagairt Chaitligeach làn thoilichte gu'm frithleadh an cuid sluaign na sgoilean Gàidhlig cho fad's a bha an teagast air a chumail ri leughadh agus ri mìneachadh briathran a' Bhiobuill. Air son iomadh bliadhna bha muimnitir an dà aidmheil ag oibreachadh gu càrdeil agus gu cridheil le cheile agus chan eil teagamh nach do rinn na maighstirean-sgoile Gàidhlig obair iomraiteach am measg ar luchd-dùthcha a bha leantuinn a'

chreidimh Chaitligeach. B'e so an teisteanas a thug sagart Bharradh seachad anns a' bhliadhna 1823. "Tha mi glé bhuidheach leis an dòigh anns a bheil am fear-teagaisg 'ga ghiùlan fhéin 'na dhreuchd. Tha mi an dochas gu'm fág an Comunn agaínn e air son ùine fhathast, ma's e sin a dhùrachd fhéin. Agus tha mi air son buidheachas a thoirt do'n Chomunn air son farsuingeachd am beachdan, ann a bhi comhairleachadh na maighstirean-sgoile gun a bhi togail puingean no cuspairean a dh' aobharaicheadh aimhreit am measg an t-sluagh."

### Sgoilean gluasadach

B'e "sgoilean gluasadach" a bha anns na Sgoilean Gàidhlig. Tha an t-ainm sin a' ciallachadh nach fhaodadh am maighstir-sgoile cumail air anns an aon àite o bhliadhna gu bliadhna. Ann an ceann bliadhna no dà bhliadhna air a' chuid a b'fhaide, bha aige ri gluasad gu cearn eile, agus töiseachadh ann an sin as ur. Ann an Diùirinis, anns an Eilean Sgitheanach, chi sinn an aon mhaighstir-sgoile a' saothrachadh aon bhliadhna ann an Gleann-dail ; bliadhna no dhà 'na dhéidh sin ann an Cealbost ; bliadhna eile ann am Boirearaig ann an dùthach Mhic Criomain. Bha aig muimnitir an àite anns an robh e a' dol ri tigh agus àite-teagaisg ullachadh air a shon mus ruigeadh e.

Ann an dòigh sin, bha aon duine a' deanamh a cheart uidhir a dh' obair ri trì no ceithir a bha a ghnàth ceangailte ris an aon àite. B'e 81 an aireamh luchd-teagaisg a b'airde a bha ann an seirbhis a' Chomuinn aig aon àm, agus mar bu trice, bha e na b'fhasige air leth-cheud. Bha an àireamh ag éirdh is a' tuiteam a réir 's mar a bha an t-airigiod a' tighinn a stigh.

Ach ann an 1835, as deidh do na sgoilean Gàidhlig a bhi dol air aghart air son ceithir-bliadhna-fichead, b'urrainn do luchd-iùil a' Chomuinn a rádh le uail gu'n do chùm iad sgoil ann an còig ceud gu leth àite ; gu'n tug iad cothrom do 70,000 anam na Sgriobtuirean a leughadh anns a' chànan mhàthareil agus gu'n do chraobh-sgoil iad air feadh na Gàidhealtachd timchioll air 70,000 Biobull agus Tiommadh Nuadh. Cò is urrainn luach na h-oibre sin a mheas ?

### Taghadh cùramach

Bha na maighstirean Gàidhlig air an taghadh le cùram sònruichte. Cha robh an Comunn riaraichte le oilean ann an litreachas a mhàin. Bha aig gach fear a bha ag iarraidh àite ann an seirbhis a' Chomuinn ri turus a dheanamh a Dhùn-Eideann chum gu'm faiceadh maithean a' Chomuinn le'n stíleán fhéin ciod a ghnè duine a bha ann. Bhiodh e ann an sin air a cheasnachadh, chan ann a mhàin a thaobh oilein agus a chomas-teagaisg, ach os barr a thaobh ire spioradail agus a chaitheamh-beatha.

Cha deanadh litir-theisteanais leatha fhéin feum sam bith. Glé thric thigeadh fear a Dhùn-Eideann anns an robh freumh a' ghnó-thuch a thaobh tuigse nàdurrá agus eòlas spioradail ged a thachradh dha a bhí beagan fad air ais a thaobh oilein. Na'n còrdadh a choltas rí muimntir a' Chomuinn, chumadh iad ann an Dùn-Eideann e air an cosdus fhéin gus am bitheadh e uidheamaichte agus ullaichte, air son àite a ghabhail. Cha robh móran de bhalaich òga 'nam measg. Bha a' chuid mhór dhiubh aig aois shuidhichte mus do ghabh iad ris an obair. Chan'eil teaganadh idir nach robh iad dùrachdach agus dileas 'n an dreuchd. Bha iad air a mhór chuid a' coimhlionadh an dleasdanais làitheil fada air falbh o shuil neach aig an robh iughdarras sam bith thairis orra. Bha iad a' cur seachad am beatha o bhliadhna gu bliadhna air eileanan a' chuain, no ann an glinn uaigheach, fada air falbh o gheleadhraich an t-saoghal mhóir. Ach b'ainmeamh idir a thuit aon dhiubh geàrr air an earbsa a chaidh a chur annta.

### Fianuis mhiniestearan

Thug Ministir Gheàrr-loch, an t-Urramach Mgr. Russel an teisteanas so do na maighstearan Gàidhlig a b'aithne dha fhéin: "Tha iad dileas agus eudmhòr anns an deagh aobhar; daoine diadhaidh agus cluïteach 'nan giùlán; tha iad a' beothachadh càil air son nithean nèamhaidh anns gach ceàrn anns am bheil iad a' saothrachadh." Faodaidh sinn am moladh sin a bhuileachadh air an co-oibricean gu léir.

Bha na maighstirean Gàidhlig air am pàigh-eadh beagan na b'fheàrr na cuid a bha leantuinn an dreuchd sin. Bha £25 's a' bhliadhna aca 'nuair nach robh aig feedhainn eile ach £14, £16, no £18, air son saothair bliadhna. Ach ma bha barrachd duais aig na maighstirean Gàidhlig, bha barrachd obrach aca. Bha sgoil sheachduin agus sgoil Shàbaid aca. Agus bha an sgoil Shàbaid a stigh a' chuid mhor de'n latha. Air feasgar nan làithean seachduin bhiodh e a' teagastg ann an tighean àraidh far am biadh seann daoine a' crùimneachadh air son leughadh a' Bhiobuill. Bha e a' faontainn mìos dheth a h-uile bliadhna air son a dhol a thadhal air a chàirdean agus gu dearbh fhéin, b'airidh e air.

### Sgoilearan aosda

A nis, dé mu dhéidhinn nan sgoilearan? 'S e gillean is nigheanan eadar 6 agus 16 a tha anns a' chuid mhór dhiubh. Ach 'n am measg agus a' suidhe air an aon t-suidheachan, chi sinn fir agus boirionnaich òga; is docha gu'm faic sinn athair teaghlaich ag ionnsachadh as an aon leabhar ri a mhac, no màthair ag altrum a naoidhean le aon làimh agus a' leantuinn nan

litrichean anns a' cheud leabhar Gaidhlig leis an làimh eile. Annas na h-eileanan gu h-àraidh, agus gu h-àraidh buileach ann an Leòdas, bhiodh bodaich liath agus seanmhairean aosda a' frithealadh na sgoile gu dùrachdach. Ach eadhon air tìr-mór, tha sinn a' leughadh mu bhodach anns an Raoghaireart a thòisich air an sgoil aig 75. Bha e dà uair pòsda, agus bha dithis de'n teaghlaich leis a' chìad mhnaoi, agus ceathrar de'n teaghlaich leis an dara mnaoi a' dol do'n sgoil còmhla ris. Ach ann an Leòdas bha a leithid de na seann daoine a' frithealadh nan sgoilean Gaidhlig 's gu robh aig na maighstirean ri cur a Dhùn-Eideann a dh'iarraidh speulairean. Bha 220 sgoilear ann an sgoil Bharbhais, agus de'n àireamh sin, bha 120 a ràinig aois choimhlionta, móran dhiubh os eionn 60 bliadhna.

### Anns a' gheamhradh

Bhiodh àireamh nan sgoilearan a' tràghadh 's a lionadh a réir aimsir na bliadhna. Annas a' gheamhradh, bhiodh na sgoilean làn; ach anns an t-samhradh, bhiodh móran de na sgoilearan, òg is sean, a' dùnadh an cuiid leabhairchean. Bha obair mara agus fearainn 'g an gairm air falbh.

Bha a h-uile sgoil air a roinn ann an ceithir classaichean. Annas an dà chlass a b'isle, bhiodh na sgoilearan ag ionnsachadh anns an dà leabhar bheag leughadh a dh'ullach an Comunn air son nan sgoilean Gàidhlig. B'iadsan na ciad leabhraichean-sgoile Gàidhlig a chaidh riagh a dheasachadh ann an Albann. Annas an dà chlass a b'airde, bha na sgoilearan ag ionnsachadh a bhi leughadh a' Bhiobuill, agus a bhi cantainn nan Salm air an teangaiddh.

### Leughadairean maithe

Mu'n do thòisich na sgoilean Gàidhlig, bha móran de'n bheachd gu robh leughadh na Gàidhlig anabarrach duilich ri ionnsachadh. Tha móran de'n bheachd sin fhathast. Ach ma bha aon ni a' cur iongantaist air luchd-iùil a' Chomuinn Ghàidhlig, b'e cho luath 's a bha na sgoilearan a' togail an fhòghluim a bhathas a' toirt dhaibh. An ceann aon seisean anns an sgoil, bha a' chuid mhór dhiubh 'n an deagh leughadairean, ged nach aithnicheadh iad na litrichean 'nuair a thòisich iad.

Tha sinn a' leughadh mu dhéidhinn iasgair Tirisdeach a thòisich air an sgoil a frithhealadh air na lathaichean nach fhraigheadh e mach gu muir leis an droch shìd. An ceann dà mhìos, bha an duine so comasach air an Tiomnidh Nuadh a leughadh gu pongail. Ach 's fheadar gu'n robh droch gheamhradh ann an Tiriodh a' bhliadhna ud.

(Re leantuinn)



## Solus agus Cumhachd

*"Bheir e dhuibh Comhfhurtair eile, a chum gu'm bi e maille ruibh gu bràth."*—EOIN XIV. 16.

**G**ED is é an Comhfhurtair aon de ainmean an Spioraid Naoimh anns a' Bhiobull chan 'eil sin a' ciallachadh gur e aon obair no priomh obair an Spioraid Naoimh comhfhurtachd a thoirt do chridheachan túrsach. Tha an Spiorad Naomh a' deanamh sin, ach tha e a' deanamh móran eile a thuilleadh air sin. Tha daoine cho cleachdte ri bhi eluinntinn a' cheathramh caibideal deug de shoisgeul Eoin air a leughadh ann an tigh a' bhròin, agus aig leabathinneis; ann an uair a' bhàis, agus aig an uaigh, 's gu bheil iad uidh ar n-uidh air an daingneachadh anns a' bheachd (gun fhiros daibh fein) gur e obair shònruichte a' Chomhfhurtair so air am bheil Eoin a' labhairt faidhidinn is furtachd a thoirt do luchd a' bhròin. Sin pàrt d'a obair gun teagamh ach tha e a' coimhlionadh ministrealachd as farsuinge na sin; 'ma thig e gu daoine breòite le leigheas fo a sgiathan, thig e mar an ceudna gu daoine làidir a thoirt dhaibh claidheamh is clogad leis an téid iad a mach a dheanamh còmhraig ris an t-saoghal, ris an fheòil, agus ris an Diabhol.

Anns na briathran a labhair an Slànuighear mu'n Spiorad Naomh cha b' ann air a' chomhfhurtachd a bheireadh e do'n t-saoghal a chuir e cudthrom ach air an t-soillseachadh-inntinn a thigeadh 'na lorg, "teagaigidh esan dhuibh na h-uile nithe, agus cuiridh e 'n cuimhne dhuibh na h-uile nithe a labhair mise ribh," "ni e fianuis mu m' thimchioll-sa"; "bheir e dearbh-shoilléreachd do'n t-saoghal mu pheacadh, agus mu fhireantachd, agus mu bhreitheanas." Do dhaoine a tha cheana air an socrudhach air an deasgainnean chan e fois no comhfhurtachd a tha feumail dhaibh, ach an-fhois is taomadh is elisgeadh a dhùisgeas as an cadal iad agus a dhearbas orra am peacadh agus an cionta.

Tha feum aig an t-saoghal air comhfhurtachd gun teagamh ach tha feum as mothà aige air solus do shùilean dall, eud diadhaidh do chridheachan meògh-bhlàth, agus eagal breitheanais do choguisean marbh—sin priomh obair an Spioraid Naoimh anns an eaglais agus anns an t-saoghal.

(1) *Solus*.—Is spiorad soluis an Comhfhurtair, a' soillseachadh inntinn agus coguis an duine anns am bheil e ag oibreachadh; a' nochdadh dha nithean air nach ruig an inntinn nàdurra. Tha iadsan a tha fo theagascg an Spioraid Naoimh a' fàs gach latha ann an eòlas spiorad-

ail. Cha robh eadhon na h-abstoil ach gu maith fada air an ais ann an tuigse spioradail aig bàs Chriosd, ach do bhrigh gu'n do chuir Chriosd an Spiorad thuca agus gu robh iad air an teagast leis, mheudaich an tuigse agus an eòlas o bheag gu mór, gus mu dheireadh an do ràinig Eoin àirde gliocais is spioradalachd a chuir iongnadh air an t-saoghal. Leth-cheud bliadhna an déidh là na Caingis bha a' chuid a bha beò de na h-abstoil móran móran na bu spioradaile 'nau inntinn agus 'nam beachdan na bha iad an uair a bha Chriosd maille riu; fo theagascg an Spiorad fhuairead iad greim air nithean a bha foluchte is diomhair dhaibh roimhe sin; threòraich e iad a steach do chridhe na firinn agus rinn an flìrinne saor iad. Agus tha an Comhfhurtair a' deanamh an diugh fhathast an ni a rinn e do na h-abstoil; tha e a' nochdadh do dhaoine glòir Chriosd is rùin-tean an Athar anns an tomhas anns an urrainn iad gabhail riu, oir is e obair-san an sluagh a thagh Dia a thoirt a steach do thir a' gheallaidh agus an sùilean fhosgladh chum gu'm faic agus gu'n tuig iad lànachd na h-oighreachd a bhuineas daibh ann an Iosa Chriosd. Iadsan, mata, a chumas iad féin ann an companas an Spioraid Naoimh agus nach mùch e, gluaisidh iad anns an t-solus agus fàsaidh an solus a tha aca na 's mothà agus na 's mothà gus am faodar a rádh nach 'eil dorchadas amnta.

Imich 's an t-soills'! 's ge doirbh do shlighe Soilleir bidh i mar ghréin; Oir Dia, troimh ghràs, ni tàmh a' d' chridh, An Dia is soills' e féin.

(2) *Cumhachd*.—Is spiorad cumhachd an Comhfhurtair, a' neartachadh ghealtairean gu bhi 'nan deagh shaighdearan; neach a tha seasamh ri taobh a shluaign los am misneachadh agus am brosnachadh anns a' chath. Chan 'eil e ceart dhuinn a bhi smuaineachadh air mar nach robh ann ach neach a bhios a leigheas leòn na feadhna a thuileas, no bhios a siabadh nan deur air falbh bho aodann na feadhna nach téid idir air adhart ach a shuidheas gu fann truagh a' caoidh an cor féin ri aghaidh a' chatha; is gaisgeach treun an Comhfhurtair agus is e a phriomh obair spiorad na gaisgealachd a chur ann an cridheachan chreidmheach chum eagal is gealtachd a chur a mach asda, air chor agus nach bi eagal sam bith orra ach a mhàin eagal Dhé. "Gheibh sibh cumhachd." Tha eachdraidh na h-eaglais uile gu léir air a

filleadh a steach anns an fhacal sin. Roimh là na Caingis chaill na h-abstoil am misneach ; theab iad an cùl a thionndadh ris an nàmhaid agus teicheadh ; ach an uair a thàinig an gaisgeach ùr so air an ceann—an Comhfhurtair—dh' fhalbh an t-eagal agus chaidh iad a mach gu neo-sgàthach a shearmonachadh soisgeul na h-aiseirigh, a dh' aindeoin Shadusach is shagar-tan. Cha b'ann 'n an neart féin a rinn iad sin ach tre chumhachd an Spioraid Naoimh. Cha mhò a b' ann le am briatharan-san no le an tàlan-tan-san a bha na miltean air an iompachadh ach le cumhachd an Spioraid cheudna. "C' ar son a tha iongantas oirbh," arsa Peadar, "no c' ar son a tha sibh a' geur-amharc oirnne, mar gu'm b' ann le ar cumhachd no le ar diadhaidheachd féin a thug sinn air an duine coiseachd." Cha b' e cumhachd no diadhaidheachd nan abstol a chuir an eaglais air chois, no chuir an saoghal bun os cionn anns a' cheud linn, ach cumhachd an Spioraid Naoimh. "Shuidhich mise," arsa Pol, "dh' uisgich Apollos, ach is e Dia a thug

am fas." Bu mhaith an searmonaiche Mac-Cheyne—searmonaiche a bha air a lònadh le cumhachd na diadhaidheachd—ach thubhairt MacCheyne nach b' aithne dha 'na fhiosrachadh uile aon anam a bha air iompachadh le a briathran-san ; bha iad uile air an dùsgadh le falal air chor-eigin de 'n Fhìrinne a thàinig thuca le cumhachd an Spioraid Naoimh.

*Gach subhail annainn is gach feart,  
Gach buaidh 's a' chòmhstiri dhéin,  
Ar n-uile thograigidh naomh, ceart,  
Tha 'teachd uaith fhéin.*

Cha bu chòir dhuinn, ma ta, a bhi a' cumhannachadh obair an Spioraid Naoimh no bhi saoilsinn nach 'eil feum againn air gus an tig là na trioblaid ; tha feum againn air gach latha d' ar beatha, co dhiu a tha sinn aoibhneach no tursach ; tha feum againn air anns a' chogadh naomh. Is ann a dh' ullachadh a shluagh air son a' chogaidh sin a chuir Criod an Spiorad Naomh 'g an ionnsaigh, treas Pearsa na Triantaid, Ughdar ar soluis agus Tobar ar neirt.

## Na Sgoilean Gàidhlig

(*Air a leantuinn*)

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., AN HACRAIG

THA sgeul eile air innseadh mu nigheanan àraidi a dh' ionnsaich an Tiomnadh Nuadh a leughadh ann an ochd latha deug. Ach chan 'eil e air innseadh ciod an t-àite d'am buineadh iad. Co dhiubh, tha fianaisean as gach ceàrn de'n Ghàidheathtachd ag aontadh le aon chridhe agus le aon ghuth gu'n robh na sgoilearan a' togail an fhòghluim a bha iad a' faotainn ann an uine anabarrach aithghearr. B'e b'aobhar da sin gu'n robh aigne nan oilleanach anns an ionnsachadh. Ann an iomadh àite cha leigeadh iad fois leis a' mhaighstir. Bhiodh iad ag iarraidh a chuireachaidh a dh'oidhche 's a latha. Mu dhéidhinn sgoil Bhaibil ann an Leòdhas, tha sinn a' leughadh : "Bha am Maighstir a' teag- asg gun stad sám bith air son aona mhìos deug. A shàmhadh 's a gheamhradh, bha e a' tòiseachadh aig seachd uairean 's a' mhaduinn agus a' cumail air gu naoi no deich. Bha iad a' cruinneachadh a ris aig deich no aon uair deug, agus bha e a' teagasg gu ceithir. Bha an sgoil a' tòiseachadh a ris aig còig agus a' sgoaileadh aig deich no eadhon air uairibh aig meadhon-oidhche."

Tha ministir Bhràcadail, an t-Urr. Iain Shaw, ag ràdh mu dhéidhinn sgoil Choisleadair : "Tha am Maighstir air a chumail ris an obair cha mhór gun tàmh, o sheachd uairean 's a' mhaduinn gu deich no aon uair deug a dh' oidhche. Eadhon nuair a bhios e aig a bhiadh, bithidh iad cruinn timchioll air."

Bha acras agus tart air an t-sluagh air son

Facal an Tighearn, agus bha sin a' beothachadh na h-inntinn agus a' fògradh na leisge. Cha leig sinn a leas iongnadh a ghabhail gu'n tug na Gàidheil an t-ainm "Sgoilean Chriosd" air na sgoilean Gàidhlig.

### Toradh maith

Bha an teagasg a bha iad a' faotainn a' tort a mach toraidh ann an iomadh dòigh. Thàinig aghartas air a' chloinn a thaobh sgiobaltas pearsanta. B'abhaist dhaibh a bhi ri mionnan agus ri guidheachan. Ach tha fianaisean ag innseadh dhuinn gu'n tàinig caochladh air sin agus nach cluinnite mionnan air beul sgoilear Gàidhlig.

Bha an t-Sàbaid air a cumail na b'fheàrr anns na h-àitean anns an robh sgoil Ghàidhlig. B'abhaist do'n chloinn a bhi siubhal nam monaidhean agus a' cruinneacheadh air na machraichean air son dibhearsoin air an t-Sàbaid, ach far an robh sgoil Ghàidhlig bhiodh iad a' frithealadh na sgoil Shàbaid agus a' caiteamh na Sàbaid ann an doigh bheusach.

Bha na ministearan ag aideachadh gu robh móran a bharrachd eòlais air na Sgriobtuirean aig an fheadhainn a chaidh troimh na sgoilean Gàidhlig na aig an fheadhainn a chaidh oileanachadh anns na sgoilean Beurla.

Bha am Biobull anns a' h-uile tigh anns an robh sgoilear Gàidhlig.

Bha an Comunn a' cosd an treasa cui'd de'n airgiad a bha a' tighinn a stigh dhaibh ann a bhi

ceannach nan Sgriobtuirean, agus bha iad 'g an reic riùsan a b'urrainn an ceannach, agus 'g an toirt seachad an asgaidh dhaibhsan nach b'urrainn.

### Cor truagh nan Gàidheal

Aig an àm anns an robh na Sgoilean Gàidhlíg ag oibreachadh, bha eor nan Gàidheal, a thaobh nithean aimsireil, truagh gu leòr. Bha an shluagh a' fulang dheuchainnean air nach 'eil eòlas againne anns an latha'n diugh. Tha an sean-fhalac ag ràdh, "Is e an duine an t-aodach, ach is e am fior-laochan am biadh." Bha am "fior-laochan" air uairibh glé ghann. Nuair a theirigeadh a mhìin, is dòcha tri mìosan mus abaicheadh coirce an ath fhogharaidh, agus gu h-àraidh nuair a thigeadh gaiseadh anns a' bhuntàta, bhiodh gort anns an tìr. Tha leth-chuimhne aig daoine fhathast air a' ghort a thuit air a' Ghàidhealtachd agus air Eirinn anns na bliadhnaicheadh 1846-47. Ach bha gainne bidh anns a' Ghàidhealtachd roimh 1846-47, gun ghuth no iomradh a bhi oirre anns a' chuid eile dheth 'n dùthaich. Bha an Gàidheal a' giùlan a chuid thrioblaidhean le faidhidinn; tha cuid ag ràdh le cus faidhidinn. Ach aig an aon àm, bha e a' call a dhòchais agus a mhìsnich. Bha cùimhne aige gu robh an ceann-cinnidh'na charaid seamhach agus'na chomharlaiche coibh-neil do a shluagh fhéin anns na làithean a dh'fhalbh. Ach an àite cinn-cinnidh a bhiodh a' gabhail tlachd ann an eor an cuid tuatha, is e dh'èirich a nis ginealach ùr de uachdarain a bha 'nam marsantan-fearainn, daoine a bha a' fasachadh nan gleann agus a' fuadachadh an t-sluagh gu croitean beaga neo-thorrach ri taobh a' chladaich no gu machraichean agus coilltean America. Cha ruig mi leas leudachadh air an eachdraidh bhrònach sin, no breith no binn a thoirt a mach air duine seach duine. Is leòr gu'n aithnicheamaid gu robh mor roinn de na Gàidheil a' faireachduinn gu robh an saoghal gu léir 'nan aghaidh agus nach robh caraid aca air an domhan a sheasadh an eùis.

"Oir bheathaich Thu do shluagh gu léir  
Le aran deur is bròin  
Is tomhas saoibhir thug Thu dhaibh  
De heuraibh goirt r'an òl."

### Maorach a' chladaich

Arsa Ministir Gheàrr-loch, a' sgriobhadh anns a' bhliadhna 1824: "Tha e a' eun doilgheas orm aideachadh gu bheil an àrd aigne leis an robh na Gàidheil air an comharrachadh anns na h-aimsirean a dh'fhalbh, air a briseadh gu h-iomlan le cudthrom nan teanntachdan a tha iad a' fulang an diugh."

Annas a' bhliadhna 1830, sgriobh am fear-coimhid a bha tadhal air na sgoilean Gàidhlíg: "Thadhail mi air sgoil Bhuirbh; cha robh àireamh nan sgoilearan ach beag. Thubhairt

am maighistir gu robh fior għainne bìdh anns an sgireachd agus gu robh na pàranta a' cumail an cloinne anns an leabaidh gu deich no aon uair deug, oir bha fhios aca na'n éireadh iad na bu thràithe gu'm biodh iad ag iarraidh bìdh agus gun am biadh ann. Nuair a dh'éireas iad, bitħidh iad 'g an cur a chruinneachadh maorach a' chladaich. Chaidh innseadh dhomh nach robh uiread is bolla mine cedar na bha theaghlaichean anns a' bħaile."

Aon sealladh eile air cor aimsireil an t-sluagh: Tha an t-Urramach Cailean Mac-Coinnich a' sgriobhadh á Sildeig anns a' bhliadhna 1838: "Tha e coltach gu'm bi an tuath gu h-iomlan air am fuadach a mach as an sgireachd so air an ath Bhealltainn; tha an t-àite a' dol a bhi air a chur fo chaoraich. Feumaidh iad imrich a dheanamh thairis agus chan urrainn dhaibh sin a dheanamh mur faigh iad cobhair o'n 'Għovernment.' Fhuair sia ficeadha 's a deich air oighreachd Thoirbheartain òrdugh a bhi fàgail. Tha e da-rireadh muladach a bhi ag éisdeachd ris a' chaoidh bhrónaich a tha na truaghain a' deanamh."

### Ur-mhisneach agus dòchas

B'e sàr-dhùth nan Gàidheal anns a' chàs sin gu'm biodh e air a nochdadha dhaibh nach robh iad buileach air an di-chuimhneacheadh le Dia agus le daoine; gu'm biodh fhios aca gu robh cairdean ann a sheasadh leotha agus a bheireadh cobhair dhaibh. B'e sin an tiodhlac bu luachmhoire a bhuilich muinntir nan sgoilean Gàidhlíg agus na buidhnean a bha a' co-oibreachadh leotha air Gàidheil na ceud roinn de'n 19mh linn. Dh'ung iad creuchdan an spioraid. Thug iad dòchas ùr agus ath-nuadhachadh misnich do mhór. Nochd iad do na Gàidheil gu robh caomhalaichd agus Criosdalachd fhathast anns an t-saoghal mhór. Agus gu h-àraidh, thug iad dhaibh an Leabhar agus comas a rannsachadh. Agus anns an Leabhar sin, choinnich iad ri Neach a tha na's dlùithe ri luchd a' chridhe bhriste agus an spioraid bhrùite na ri muinntir na h-inntinn ubharrach agus na brù shàsaichte. Bha Caraid a dhith air na Gàidheil a sheasadh leò ann an cruaidh theanntachdan an t-saoghal. Fhuair iad eòlas air a charaid a leanas na's dlùithe na bràthair. An cois teagasc nam maighistirean-sgoile Gàidhlíg, thòisich dùsgadh spioradail ann an iomadh ceàrn de'n Ghàidhealtachd, anns na h-Eileanan a Muigh, anns an Eilean Sgitheanach, ann an oirthir Rois agus Inbhir Nis, agus ann an àitean eile. Tha toradh an dùsgaidsin againn anns a' Ghàidhealtachd gus an latha 'n diugh. Bha móran de luchd-oibre eile a' saothrachadh anns an fhion-lios agus bu mhaith gu'n robh. Ach faođaidh sinn earrann mhór de'n chliù a thoirt do sheirbhisich a' Chomuinn air son na sgoilean Gàidhlíg. Cha bhiodh e ceart gu'n dichuimh-

nicheadh Gàidheil an latha 'n diugh na dhoidhriп iad agus na rinn iad. Bitheamaid a' toirt buidheachais do Dhia gach uair a chuimh-nicheas sinn orra.

### "Caraid nan Gàidheal"

B'e so an clùи a thug Tormod Macleòid, "Caraid nan Gaidheal," do na sgoilean Gàidhlig. "Mus deachaidh na sgoilean sin a chur air bonn, bha na Biobuill a bha a' tighinn do'n Ghàidh-ealtachd o 'Chomuinn a' Bhiobuill" air am fàgail anns na hoesaichean anns an tāinig iad gun am fosgladh; ach o chionn ghoirid, bha

còrr is leth-cheud mile Biobull a' dol an clòdh aig an aon àm. 'Nuair a chaidh mise a shuidh-eachadh ann an sgìr Cheann-Loch anns a' bhliadhna 1808, bha an Tiomadh Nuadh agus Leabhar nan Salm aig beagan de'n t-sluagh. Cha robh am Biobull slàн ann an dachaид sam bith. Ach beagan bhliadhnaicheadh 'na dhéidh sin, cha robh tigh anns an sgireachd anns nach fhàighteadh am Biobull. B'e na sgoilean Gàidhlig a b'aobhar do'n atharrachadh bheannachte sin."

Le teisteanas "Caraid nan Gaidheal," faodaidh sinn an cunntas so a tharruing gu crìch.

## Tearlach Grannd, Ard-Cheannaiche agus Naomh

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC DHIONNACHAIDH, M.A., AN CILL MHAILIDH

"Chan 'eil Granndach an Srath-spéidh nach 'eil 'na dhuine urramach."

ANNS a' bhliadhna 1509 fhuair Iain Og, mac Amorair nan Granndach, fearann air bràigh Ghlinn Urchadaidh. O shliochd an duine so thàinig na Granndaich a bha a chòmhnuidh an Coire Mhònadh agus an Seagalaidh. Nuair a bha na Stiùbhardaich air am fuadach as an rioghachd lean daoine Choire Mhònadh agus Sheagalaidh ro-dhlùth riу, agus chaidh Pàdrig Gramid maille r'a mhac Rob do'n chogadh, is bha e aig blàr Sliabh-an-t-Siorraim. Bha an treas mac ann an teaghlaich Rob Ghrannd'na shaighdear ainnmeil agus theireadh iad ris Alasdair a' Chlaidheimh. Nuair a thòisich an réisimeid ris an abrar Am Freiceadan Dubh bha na h-uile innte 'nan daoine-uaisle, agus bha Alasdair a' Chlaidheimh air aon dhiubh.

Nuair a thog na Gàidheil bratach Thearlach Stiùbhard chaidh Alasdair a' Chlaidheimh maille riу. Dh'fhàg e a bhean ann an tigh atharcéile, oir bha an dùthach fo iomgaин agus eagal. Rugadh leanabh do bhean Alasdair 'san tigh sin, ann am baile Allt-dùbhraidih air taobh deas Loch Nis anns a' bhliadhna 1746, ann am mìos a' Mhairt. Seachduin no dhà roimh latha Chùil-fhodair thàinig athair an leinibh agus deich ar fhichead d'a chompanaich gu Allt-dùbhraidih chum an leanabh a bhaisteadh. Chan 'eil aithris air cò am ministear a bha aig a' bhaisteadh ud, ach 's ann air doigh iongantach a thachair e. Tharruing gach gaisgeach a chlaidheamh agus thug iad air an leanabh a làmh a chur air gach inneal muirt mar gu'm bitheadh e a' toirt mionnan gu'm bitheadh e dileas gu bàs do'n Phrionnsa Tearlach. Agus thug iad Tearlach mar ainm air an leanabh. 'S ann mar sin a thàinig Tearlach Grannd gu bhi 'na oglach do'n righ, ach 's e Righ na Glòire a fhuair buaidh air a chridhe air a' cheann mu dheireadh.

Bha Alasdair a' Chlaidheimh air a leòn gu goirt air blàr Chùil-fhodair, agus chaidh a

mhaoin uile a chreachadh le saighdearan Rìgh Deòrsa. Thog mac bràthar-athar air do na h-Innsibh an Ear, far an do choisinn e clùi mar shaighdear fo òighdarras Chlive, agus chruinnich e 'saibhreas móر mar cheannaiche. Thàinig esan air ais do Lunnainn 'na dhuine beartach. Ach chan ann mar sin a thachair do dh' Alasdair a' Chlaidheimh. Rinn e iomadh oidhriп air fortan a ghleidheadh an déidh Chùil-fhodair. Ann a' bhliadhna 1756 ghabh e anns an arm 'na shaighdear ann an réisimeid Ghàidhealach a bha air a togail air son seirbhis ann an America. Dh'fhàg e còignear chloinne fo chùram a mhathana gun mhoran teachd-an-thair aice air an son. Chaidh Tearlach agus a phiuthar Maireadar gu tigh Iain Ghrannd, bràthair Alasdair, a bha 'na chis-mhaor ann am baile Eilginn. Bha sgoil mhaith 's a' bhaile sin, agus fhuair Tearlach foghlum na b' fheàrr na bha e comasach dha fhaotainn ann an Gleann Urchadaidh.

Anns a' bhliadhna 1758, a' bhliadhna anns an do chaochail a mhàthair, fhuair e àite mar fhòghlumaire-ceilde ann an tigh duine beusach d' am b' ainn Forsyth, a bha 'na cheannaiche ann am baile Chrombagh. An ceann còig bliadhna sgriobh Iain Grannd litir gu Caippean Alasdair, an duine beartach ann an Lunnainn, ag iarradh cobhair air son Thearlach. Shoirbhich le a iarrtas agus air ceud là mìos a' Mhairt 1763 chaidh Tearlach air bòrd luinge ann an Inbhir-nis air an Rathad do Lunnainn, agus an deidh ceithir bliadhna eile chaidh e' do na h-Innsibh an Ear.

Anns an dùthach mhóir sin bha na ceannaisean a' gabhail làimhe ann an cùisean na Staide, oir bha e eu-comasach malairt cheart a dheanamh 'nuair a bha còmhstri agus cogadh eadar fineachan na dùthcha. Air an aobhar sin thigeadh na daoine a bha ann an seirbhis a' Chomuinn-Mhalairt anns na h-Innsibh an

Ear gu uachdaranaichd thairis air sluagh na tire.

Bha cairdean maith aig Tearlach Grannd ann am Bengal, agus choisinn e àite urramach 'n am measg le obair dhileas agus le chridhe ionraic. Bha a' chuid as mòd de na Breatunnach a bha a chòmhnuidh anns na h-Innsibh aig an àm ud saoghaltach agus sanntach, gun smuan air nithean spioradail no air cor nan daoine bochd a bha 's an tìr. Fad iomadh bliadhna bha Tearlach Grannd mar bha na coimhearsnaich m'a thimchioll, déidheil air àbhachdas agus cluich air son airgid, ach cha b'urrainn neach sam bith a ràdh nach robh e onorach 'na chaitheamh-beatha. Bha fiachan-cluiche trom air, fishead mile pund Sasunnach. Mur b'e gu robh e onorach agus ceart do mhuinntir na tire a bha ag obair fodha cha bhithheadh uiread sin de fhiachan air.

Thàinig e dhachaidh a dh'Alba; phòs e ban-Fhrisealach, céile òg, ro-bhòidheach, agus da rìreadh cràbhach. Chaidh iad air ais do na h-Innsibh far an d'fhuair e dreuchd mar *Writer*.

Bha iad sona; bha iad beartach; agus rugadh dhaibh dithis nighneag. Nuair a bha na h-uile ni a' dol gu maith leò chaochail an dithis nighneag ann an ceithir latha deug, le cholera. Thuit an athair ann an doilgeas mór agus chaill e tlachd ann a bhi beò. Shaoil leis gu'n do thachair bàs na cloinne anns an robh a mhòr tlachd tre fhearg Dhe air son na peacanna a bha 'na chridhe agus 'na bheatha. Thuit dorchas mór air anns nach robh leus soluis. Ach thug màthair nan nighneag cobhair neochumanta dha. Bha i dha mar mhàthair, agus tre ùrnuaigh agus tre chreideamh threòraich i e gu sìth. As an dorchas thàinig iad le chéile a mach 'nan creatairean nuadh, iriosal; 'n am fireana agus déidheil air seirbhis a dheanamh ann an rioghachd Dhe.

"Théid sinn agus cogaidh sinn air son an Righ." Sud am port a bha ann an inntinn Alasdair a' Chlaidheimh air latha baistidh an òganach so. Ach bha Righ nan righ a' feithreamh gus am bitheadh a sheirbhiseach deas air son obair a rioghachd féin.

## Sealladh-siubhail air an Eiphit.

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUIN, PH.D., AN CILL-MO-NAOMHAIG

**C**HAN 'eil neach a thóghadh air a' Bhiobull Cleis nach bu toigh sealladh fhaotainn air tìr na h-Eiphit; agus a bhàrr air na tha am Biobull ag innseadh mu'n dùthachd ud, tha i iomraiteach anns an t-saoghal uile air tàilleamh nan cuimhneachan iongantach a tha 'n an seasamh intte fhathast, air èolas, ealain, agus creideamh mhòran ghinealach, a dh'éirich is a dh'aom fad mhiltean bhliadhnaeachan air nach 'eil each-draidh eile againn. Tha daoine ionnsaichte a' creidsinn gu'n do rugadh Maois mu chòig ceud deug bliadhna roimh latha Chriosd; agus tha e soilleir gu'n robh righean cumhachdach anns an Eiphit còrr is dà mhive bliadhna roimh latha Mhaois. Tràth ann an cursa a' chinne-daonna thuinich sluagh anns an Eiphit; agus fhuair iad tuigse air iomadh pòr a chinntinn 'n a dailtean torrach, air chor is gu'n dh'fhàs i ainmeil air son a pailteis tràth 'n a h-eachdraidh. Ann an cursa nan linntean, dh'fhàs èolas agus ealain am measg nan Eiphiteach a chuir iad fad air thoiseach air uile rioghachdan an domhain. Gus an latha 'n diugh, tha na togalaichean a chuir iad air bonn, araoen biorraidean is teampuill, eadar ceithir is còig mile bliadhna air ais, 'n an aobhar iongħnaidh do na h-uile. A thaobh am meud, chan fhacas an coimeas anns an t-saoghal uile; ach a thuilleadh air am meud, tha iad a' foillseachadh inleachd clachaireachd, snáithidh, agus dealbhaidh, nach 'eil fada geàrr air iomlaineachd nan Greugach, agus sin eadar aon is dà mhive bliadhna air thoiseach air a' Għreġiex.

### An Abhainn

Cha bhi duine fada 's an Eiphit gus am mothaidh e ni nach tuig e ro dheas le amharc air clàr-deilbhe na dùthcha, 'se sin, cho caol is a tha na bheil uaine dhi. Eadar Alexandria is Cairo, anns an Delta, far am bheil huislean na h-aibhne a' sgaoileadh air feadh na dùthcha mu'n ruig iad an euan, tha deagh fharsuingeachd intte, a' ruigheachd suas ri dà cheud mile. Ach eadar Cairo is Assuan, astar mu shia ceud mile, chan 'eil leud na dùthcha uaine, thòrraich, a' dol os eionn thrì mile deug; agus tha móran dhi na's caoile na sin. Mu shia mile air gach taobh de 'n abhainn, tha éifeachd nan uisgeachan a' tionndadh an fhàsaich 'n a ghàradh; ach far nach ruig an t-uisge, chan 'eil ach gainmheach odhar, cho fáda 's a chì an t-suìl. Cuiridh am fasach ud eagal air duine nach fhaca a leithid riagh, tha e cho tròm, ciar, clachach, marbh, mar gu'n deachaiddh a mhallaichadh le corruiach o'n àird. Amu am broinna dithreibh so, tha an fhòr Eiphit air gach taobh de 'n abhainn. Shamhlaicheadh i uair-eigin ri lili le a bun aig Assuan, a coimleán caol, fada a' sineadh gu Cairo, agus a bàrr a' sgaoileadh eadar sin is an euan.

Tha toradh na dùthcha 'g a għiūlan sħos is suas air an abhainn, co dhiubh a' chuid is mothaidh; agus an còrr is cabhagaiche air an rathad-iaruinn ri taobh na h-aibhne, no ann an carbadan-ola, mar a tha againn féin. Buinidh spiorad na h-Eiphit do'n Aird-an-Ear; chan 'eil iad furasda an greasad; oir tha an t-sid

maith am bitheantas ; agus is toigh leò an seann dòighean fén. Mar sin, tha iad foidhid-inneach ri bàtaichean-bathair, a tha 'g am frithealadh eadar na bailtean beaga a tha glé lìomhri ri taobh na h-aibhne. Is e sealladh glé thlachdmhor a tha anns an luingeas ud le'n siùil gheala, leathann, chróm, a' gluasad cho réidh, sàmhach, pròiseil ri ealachan.

### Coslas bochdaine

A thaobh suidheachaид agus coslais an t-sluaigh feadh na dùthcha, cha chreid mi gu bheil iad am bitheantas ach glé thruagh. Tha a' mhór chuid dhiubh ag oibreachadh an fhearrainn ; ach tha e soilleir, a dh'aindeòn torraicheas na dùthcha, nach 'eil an saothair ro bhuanachdail dhaibh. Chan fhaca mi tuath ag amharc cho achrach, neo-fhallain, agus dìblidh riu. Tha móran fiabhruis is doille 'n am measg ; is chan 'eil an clann a' faotainn dad is fhiach de fhòghlum ach anns na bailtean. Chan 'eil aca ach bothagan truagha de thighean ; agus tha iad air dhroch éideadh. Is cinnteach gur e a' bhochduinn chruaidh is priomh aobhar uiread dhiubh a bhi 'n am baigeirean cho dian. Cha luaithe a chi iad luchd-turuis na chruinnicheas iad mu'n timcheoil 'n an dusain, is an làmhan sinte riu ag iarraidh airgid. Chan 'eil an nàire is lugha orra de'n bhleid chruaidh so feedh na dùthcha gu leir. Feumaidh luchd-turuis a bhi fo dhlon fir-iùil Eiphiteach, ma tha iad a' dol a dh'faotainn cead an rathaid, gun a bhi air an claoidh is air an spùinneadh. Cha mhor nach ceannach air seallaidean na h-Eiphit na dh'fhuilingear de dhragh a' diúltadh na déirce. Their cuid d'an luchd-dùthcha fein gur e sannt, aineolas, agus cleachdadh na's mó na cion, a tha 'g 'an deanamh 'n am bleideirean cho gionach. Co dhiubh, tha iad ag amharc air a' choigreach mar dhuine làn saoibhreis agus mar chreich dhligich.

### Na Biorraidean

Tha sinn uile eòlach air dealbhan nam biorraidean (Pyramids) agus na Sphings. Theaganamh gu bheil móran de 'n bheachd nach 'eil anns an Eiphit ach an trì de 'n t-seòrsa tògail ud, a chithear mar is trice ann an leabhracchein. Chan ann mar sin a tha ; oir ged is iad sud is mothà na 'n corr, tha mu dheich is trì fishead biorraíd bheag is mhór feadh na tire. Chan 'eil fhios cò a thòisich air an togail mar thigheantasgaidh do na mairbh, ach b' e righrean na dùthcha, dlùth air toiseach a h-eachdraidh, a chuir suas na feedhainn mhóra air an son fén, an uair a chaochaileadh iad. Ann an cridhe gach biorraíd mhór, tha seòmar anns an robh corp an righ air a ghlásadh ann an ciste de ghranit, air a snaitheadh gun mheang, agus air a liomhadh cho sleamhuinn ri gloinne ; agus an dara cuid, anns an t-seòmar so, no ann an seòm-

raighean eile làmh ris, bha iad ag adhlacadh gach àirneis luachmhor air an robhtar a' creid-sinn gu'm bitheadh feum aig an righ ann an saoghal nam marbh. Mar sin, dh'fheuch na ceud righrean ri daingnichean teàruinte a shuidheachadh, lós nach ruigeadh meirlich air an innsridh aca. B'e sin ceud aobhar nan togalaichean ud ; ach tha e soilleir gu'n robh iad air an ciallachadh mar chuimhneachain mar an ceudna air móráchd is cumhachd nan seann righrean. Tha biorraíd Cheops seachd ceud is leth-cheud troidh de fhad air a' ghrunnd air gach taobh d'a ceithir taobhan ; tha i ceithir cheud is leth-cheud troidh a dh'airde ; agus tha i a' comhdachadh mu thrí acraichean deug de ghrúnnd. Thig dhà no trì eile faisg oirre ann am meudachd. Cha bu bheag am beachd orra fén a bha aca-san a chuir air bonn cùirn anns am bheil de chlachan na thógadh baile cuimseach.

### Eagal nam meirleach

Is dòcha nach robh fhios ach aig oifigich àraidiad c'ait an robh an dorus a bha a' leigeil a stigh do'n bhiorraíd ; oir bha e air fhalach gu cùramach. An déidh an doruis, bha an t-slige air a deanamh cho cam, mealltach is gu'n cuireadh i duine gun èolas air chall ann am broinn na h-aitreibh : bha i a' dol gach rathad ach far an robh an ulaidh. Ach a dh'aindeoin gach saothrach is seòltachd, fhuair na spuinn-eadairean a dh'ionnsaidh nan seòmar fhálachaidh ; agus cha d'fhág iad bior de 'n àirneis anna. Cha mhotha a chaomhain iad na cuirp rioghail ; oir an uair a dh'fhsogladh na seòmraichean le Ùghdarras anns na linntean so chaidh seachad, cha d'fhuaradh anna ach na cisteachan-cloiche fálamh. Tha e duilich a chreidsinn gu'n do thachair so gun fhios do na h-oifigich ; is coltaiche gu'm b' iadsan an dara cuid a reic an eòlas ri meirlich, no a rinn an spùinneadh iad fein. Theirear gu'n dean an gaol fanoid air na glásan : rinn gaol am beartais fanoid nach beag air glasan sheann righrean na h-Eiphit.

Chan 'eil cinnt an do thuig an oighreachan nach robh earbsa ri chur anns na togalaichean móra ud, no am b' ann air son na bu lugha dragha is costuis a rinn iad e ; ach co dhiubh, sguir iad d' an togail, agus thòisich iad air tighean-tàimh de sheors' eile ullachadh fo'n talamh, a stigh gu fada ann am broinn nan creag, seòmraichean móra, briagha, air an gearradh as an ailbhinn, am ballachan còmhdaichte le sgrìobhaidhean samhlachail ag inns-eadh an eachdraidh, agus le dealbhan air na diathan neònach anns an robh iad a' creidsinn.

### Tutankamein

Tha ruith de bheanntan rùisgte, glasa, nach 'eil ro àrd, anns an fhàsach dlùth air làraich an

t-seann bhaile, iomraiteach, d' am b' ainn Thèbes ; agus tha gleann caol a' sniomh a steach 'n am measg ris an canar "Gleann nan Righ," a chionn gur ann an so a tha a' mhór chuid dhiubh air an adhlacadh. Dh'fhosgladh na h-uiread de na tighean diomhair so anns na linntean deireannach againn ; ach a mach o aon dhiubh a mhain, cha robh ni air fhàgail annta-san na bu mhotha ach cisteachan-cloiche nam marbh, agus na bha air na ballachan de eachdraidh is de dhealbhan ; oir thachair an so direach mar a thachair aig na biorraidean ; 'e sin, gu'n do ràinig na robairean orra, a dh'aindeoin cùraim nan righ is cruas nan creag. Ach mar a tha fhios aig an t-saoghal, dh'fhàg iad, ged nach b' ann le 'n déòin, aitreabh-thàimh Thutan-kamein gun a spùinneadh. Bha iad aice cuideachd ; oir thòll iad am balla ; ach b' fheudar dhaibh teicheadh, air neo bha iad air an glàcadh, mu'n d'fhuair iad na b' fhaide. Dhùnadh is sheulaicheadh an t-àite a rithist ; thuinich a ghàinmheach thairis air ; agus mhair e mar sin fad nan linntean, gus, dorlach bhliadh-nachan air ais, an d'amais Tighearna Char-nàrbhoin agus Howard Carter air, an déidh a bhi a' bùrach le feachd għillean fàd shia bliadhna. Cha b' iongnadh ged a bha uiread fuaim mu'n għnothu ; oir b'e sud an aon fhear de uile rigħrean na h-Eiphit a fħuaradħ direach mar a chaidh a chur 'n a thigh-mairbh, agus air a chuaireachadh leis gach àirneis riomhach, cathraichean, būird, leabaidhean, sothicanean, bataichean, innealan-cluiche, agus gach beart air an saoileadh e gu'm bittheadh feum aige ann an saoghal nam marbh. Chithear an ulaidh ud uile ann an tigh-tasgaidh ann an Cairo ; ach chithear coslas an righ fén far an d'fhuareadh e, 'n a shineadh anns a' chiste-mhairbh 'n a thigh-tàimh anns a' charraig. Chan 'eil fhios agamsa an ann de umha a tha a cholunn ud air a cumadh ; ach is e mo bheachd gur ann. Tha i'na luidhe os cionn na fior cholouin a tha suainte a réir gnàths-adhlaic na dùthcha. Chan 'eil coslas mairbh oirre idir, ach coslas duine a' gabħail foise, na sùilean fogħalit a' geur-amharc suas mar gu'm bittheadh fiugħair imcheisteach aige ri sealladh mór. Tha e glé iongantach a bhi a' sealltuinn air pearsa an rígh, a tha cho coltach ri duine beò is gun saoilear gu bheil e a' dol 'g ar n-orduchadh a mach as fħianuis, an uair a chuimhnichear gu bheil mu thrí mile is tri cheud bliadhna o na leagadh e an sud.

### Cumhachd is Creideamh

Nach iomadh cár is caochladh a thàinig air an t-saoghal o'n aimsir chéin ud ! Ma bha sluagh idir anns an dùthaičh againne cho tràth sud, cha robh annta ach daoinne borb, air bheag èolais, ealain, agus riaghailt.

Ach bha Phàrah air cheann iompaireachd mhóir, a bha a ruigheachd eadar Siria is Etiopia ; agus bha e air a chuaireachadh le greadhnachas rioghail 'n a bheatha is 'n a bhàs, a tha a' cur iongħnaidh air an t-saoghal fháthast. Gu sònruichte, tha e a' deanamh saoraidh Israeil á làimh righ na h-Eiphit eadhom na's mlorbhuliche na tha am Biobull a' foillseachadh. Da rìreadh, cha bu lugha na cumhachd Dhè a bhriseadh ceanglaidhean an daorsa, gun fħuaim, gun arm, agus a dh' fhós-għadl slighe rompa, troimh fhàsach is uisge, a dh' aindeo cumhachd Pharaoh.

Tha gnàths-adhlaic nan seann Eiphiteach a' foillseachadh aoin ni os cionn a' chorr, 's e sin, echo läidir is a bha an creideamh ann an neobħasmhorachd mhieq an duine. An uair a dh' fhàgħad e an saoghal so, cha robh e ach a' dol air imire do shaogħal eile, far an robh breith-eanas roimhe ann am fianiis an dè Osiris. Na 'n seasadh e am breitheanas, bha deagh churşa air thoisieach air. Ach bhitheadh e a' pilltim o àm gu àm a dh' ionnsaidh na seana cholouin anns an tigh-tàimh, mar gu'm bittheadh dòchas aige ri a h-aiseirigh. Chan fhaod nach b'ann air a leithid so de chreideamh a bha iad a' gabħail a leithid de dhragh agus a' caitheamh uiread maċin fad am beatha ri tighean-adhlacaidh ullachadh dhaibh fén ; agus ri bhi a' dionadh a' chuirp o thruaillidheachd le ealain na spiosaidh. Am measg an dorchadais spioradail anns an robh iad air seachran, nach robh greim cumhachdach aig firinnean luachmhor orra mar an ceudna ?

### Eaglais nan Coptach

Bha an Eiphit am measg nan ceud dhùth-channan anns an robh soirbheachadh mór aig a chreidimh Chriosduidh an toiseach, agus lean a' chùis mar sin fada suas ri ceithir cheud bliadhna. Ach chaill i an clu a choisinn i feadh nan linntean ud ; oir thuit i fo smàig nan Arabianach an toiseach, agus nan Tùreach 'n an déidh. Is e an cinneach Arabianach is mórchuid d' a sluagh an diugh ; ach tha mu thim-chioll muillein (a mach á sia muillein) Choptach 'n am measg. Is iadsan siol nan seann Eiphiteach ; is tha a' mhór-chuid aca ag aideachadh a' chreideamh Chriosduidh. A thuilleadh air sin, tha clu àrd aca air son eòlais, gliocais, earbsaidheachd, agus onair ; agus do bhrigh sin, tha móran làimhseachaidh aca anns an dùthaich, rud nach toigh leis na h-Arabianacha. Ann an té de 'n eaglaisean ann an Cairo, air am bheil móran de chomharran na h-aoise, chaidh sinn sìos staiddhir fo 'n 'urlar a dh' fhaicimn seòrsa de uaimhe, bhig, fhrògaich, thairis air an do thogħadha an eaglais an toiseach ; oir, a réir beul-aithris, b'e an uaimh 'ud aite-còmhnuuidh An Teagħlaich Naoimh am feadh is a bha iad

am falach anns an Eiphit. Is dòcha nach d' éirich an aithris gun aobhar. Chan 'eil anns an uaimh ach sgor air bheag tlachd ; ach tha sin a' comh-chòrdadh ris an naidheachd. Air leam gu'n robh sinn uile a' faicinn f'ar comhair ann an dubharachd na h-uaimhe Muire 'na

suidhe air cloich a' breugadh a leinibh phriseil 'n a h-uchd, is Joseph air ais is air aghaidh a' frithealadh dhaibh. Tha mi ag aideachadh gu'n d' fhuair mi barrachd sòlais ag amharc air an fhòrig dhiblidh ud fo ùrlar na h-eaglais na fhuair mi aig bonn biorraid mhóir Cheops.

## An Crann-Ceusaidh

LE NIALL MAC GILL-EATHAIN, AN GLASCHU

- O** FAIC an t-Uan 's e air a' chrann  
A' fulang air ar sgàth,  
Chum 's gu'm biodh clann a' chinne-daonn'  
O'm peacadh saor a ghnàth ;  
O seall am pian tha dol troimh 'chom  
Is fallus eraidh bho cheann ;  
Tha fhuil a' dòrtadh thun an làir  
Bho chasan 's bho dhà làimh.
- Mac Rioghail Dhé bu chruaidh a staid  
Le nàimhdeas sluagh na tir,  
Mar ghaduich crochte suas air crann,  
Crann-ceusaidd Chalbhari ;  
O ! 's muladach a bhuin iad ris,  
Aon-taghte Dhe gun lochd ;  
Ach bha sud roimh-òrduichte  
A shaoradh saoghal bochd.
- O faic e 'n uair a dh'iarr e deoch  
Mar shin iad dha geur-fhion,  
Is crùn a' mhagaiddh air a cheann  
Gu cruaidd-chridheach leig iad sìos ;
- Chuir saighdear claidheamh stigh 'n a fheòil,  
Is smugaidich le tair,  
Ach sheas Mac Dhé gach uile spòrs,  
'S cha d' ghearan e 'n a chràdh.
- Nuar dh'iarr iad air e thighinn a nuas  
'G a shaoradh fhéin o phian,  
'S ann thuirt e, " Biodh do thoil-sa Dhé  
'S chan e mo thoil-se déant ;  
O Athair ! thoir dhaibh maitheanas  
Air son an gniomb-san rium ;  
Chan aithne dhaibh cia móir mo ghràdh,  
Mo ghaol-sa dhaibh 's mo shuim."
- Gu'n dhorchnaich an speur le neul,  
'S air gach neach eagal dh'fhas,  
'Nuair chrom e cheann 's nuair leig e 'n deò ;  
O ! fhuair mo Shlànugheár bàs ;  
Brat-roinn an teampull reub gu bras  
'S air ainmhidh 's sluagh bha fuath,  
Ach fhuair ar Tighearna 'n a bhàs  
Lan Ùghd'rras agus buaidh.

## Obair na Saorsa

LEIS AN URRAMACH SEUMAS MAC GRIOGAIR

- C**IA maiseach obair saoraidd Dhé,  
Cia ciatach i 's gach ceum !  
Cia móir an gaol 's cia maireann buan,  
Thug Dia d'a shluagh gu léir !  
D'a ghràdh dhaibh cha robh toiseach riamh,  
'S cha tig air crioch am feasd ;  
Ta iomadh comharr'air ro àrd,  
Ro àlainn is ro dheas.
- 'S e ghràdh thug dhaibh 'san t-Soisgeul  
Criosc,  
Sàr-thiodhlac tha do-luaidh ;  
Is creideamh leis an gabh iad e,  
Sàr-inneal séimh nam buadh :  
Is maille ris-san lànachd gràis,  
Nach tràigh a chaoidh nan cian ;  
O'm faighean pailteas dhaibh gu léir,  
Os cionn am feum 's am miann.
- 'S e Criosd an fhionan 's tusa ghéug,  
Ris féin an ceangal dlùth ;  
Na's dlùith' na geug bha riabh an craoibh,  
A dh'fhas an coill o thus ;  
'S ann uaith a gheibh thu sùgh is brigh,  
Bheir sineadh dhuit is fàs ;  
Do chum gu'n toir thu toradh uait,  
Le buaidh chum cliu a ghràis.
- Clach-chinn na h-oisinn e 'n tigh Dhé,  
'S e féin an fhòr chlach-bhuinn ;  
'S e snas na h-aitribh e gu léir,  
O'n stéidh gu ruig a druim :  
Mar chlachaibh bedh théid thus' is càch,  
A chàradh suas 'n a thaic ;  
Chum fàs 'nur teampull bithbhuan breagh,  
A bhios do'n triath 'n a thlachd.



## Glòir an t-saoghal

*"Agus fhuaireas Joseph báis, agus e ceud agus deich bliadhna dli'aois; agus chuir iad spòsraidh air, agus chuireadh ann an ciste-mhairbh e's an Eiphit."*—GENESIS I. 26.

**C**HUIREADH ann an ciste-mhairbh e! Cha robh a bheag de dhaoine anns an t-saoghal riagh a bha cho aimmeil ri Joseph, no dh'éirich gu imble cho àrd, ach ged fhuaireas saoghal fada agus ged shuidh e ann an cathair àrd, b'e a' chrìoch a bha aige mu dheireadh, gu'n do chuireadh ann an ciste-mhairbh e. Sin a' chrìoch a bhios aig na h-uile; air cho domhain no cho teamann s'g an sgoil iad am freumhan anns an t-saoghal so, is goirid an tìine gus an spionar am freumhan as am bun. Diomhanas nau diomhanas! ars an searmonaiche: is diomhanas na h-uile nithean. Siùbhlaidh an saoghal seachad, agus 'ana-miann, ach an ti a ni toil Dhe, mairidh e chaoidh.

Tha cuntas na's fhaidhe air a thoirt air beatha agus obair Joseph anns a' Bhiobull na tha air a thoirt air beatha duine air bith eile, is theagamh gur e an t-aobhar gu'm bu mhaith leis an flear a sgriobh leabhar Ghènesis móráchd agus cumhachd Joseph a nochdadh gu soilleir do'n t-saoghal; ach ged bha Joseph mór agus cumhachdach cha do chùm sin am bàs air falbh bhuaith; agus air a' cheann mu dheireadh b' ionnan a dh'éirich dha agus mar dli'éirich do'n diol-déiree a bu truaighe anns an Eiphit.

O duinne th' air do bhreith le mnaoi eia teare is truagh do làith'n!  
O'n duslach thàinig thu, is théid gu d' dhuslach fèin gun dàil.  
Ar làithean air an àireamh ta, 's gun tèmh a' gabhail seach:  
Is goirid gus an tig an uair, a ni do'n uaigh ar teach.

### Nithean maireannach

Mu ionadh rud anns an t-saoghal faodaidh sinn a ràdh, "bu mhaith so na'm maireadh e." Ach cha mhair iad. Tha na nithean a chithear aimsireil, is e na nithean nach faicear a tha siorruidh; Dia, agus Phacal, agus a Rìoghachd.

*Mairidh Dia;* is ann aige-san 'n a aonar a tha neo-bhàsmhorachd. "Leag thusa, a Thighearna, bunaitean na talainn air tús; agus is iad na nèamhan oibre do làmh: teirgidh iadsan, ach mairidh tusa; agus fasaidh iad uile sean mar eudach; agus fillidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad: ach is tusa an ti ceudna, agus chan fhàilnich do bliadhnaagan."

*Mairidh Facal Dhe,* an coimlicheangal siorruidh a rinn e ri shluagh. "Tha gach uile fheòil mar fheur, agus uile ghlòir dhaoine mar bhlàth an fheòir. Seargaidh am feur agus tuitidh a

blàth dheth, ach fanaidh facal an Tighearna gu siorruidh."

*Mairidh a rioghachd,* agus a shluagh anns a bheil siol agus beatha na rioghachd. "Chà bhliadh agus cha deoch rioghachd Dhe, ach fireantachd, agus sith, agus aoibhneas anns an Spiorad Naomh."

Ach ged chuireadh Joseph ann an ciste-mhairbh anns an Eiphit cha do thiodhlaiceadh e anns an Eiphit, oir thug e air a theaghlach mionnachadh nach biodh a dhuslach air fhàgail ann an tir choimhich, ach gu'n giùlaineadh iad a chnàmhan do thir a' gheallaidh, nuair a rachadh iad suas ann. "Tre chreideamh," tha am fear a sgrìobh an litir chum nan Eabhruidheach ag ràdh, "rùm Joseph ionradh air dol a mach chloinn Israeil, agus thug e àithne mu thimchioll a chnàmh."

*An dòighean diomhair gluaisidh Dia  
Thoirt iongantais mu'n cuairt.*

Bha freasdal an Tighearn a' gabhail càrach do chnàmhan a sheirbhisich, oir fada fada an déidh dhaibh a chur anns a' chiste-mhairbh is e freasdal an Tighearn a shaor an leanabh Maois o bhi air a lathadh no air a bhàthadh anns an abhainn, an leanabh a bha air a shònruchadh 'na rùn siorruidh gu bhi 'na cheann-iùil agus na uachdaran do chloinn Israeil chum an treòrachadh do thir a' gheallaidh.

Ann an leabar Ecsodus tha e air a ràdh, "Agus thug Maois enàmhan Joseph leis"; is fad à flichead bliadhna bha iad air an giùlán rè an turuis troimh 'n fhàsach gus an robh iad mu dheireadh air an adhlaiceadh ann an Sechem ann am mìr fearainn a cheannaich Iacob o mhacaibh Hamoir air son ceud bonn airgid.

### Dòchas agus dachaidh

Cho fad 's a bha i 'n an sealladh bha a' chiste-mhairbh ud ag ràdh ri cloinn Israeil anns an Eiphit, *Chan e so 'ur dachaidh.* Theagamh gu robh móran dhiubh toilichte gu leòr leis an Eiphit far an robh fearann maith agus biadh pailt, agus far am faodadh iad a ràdh r' an anam, "Ith, ol, agus bi subhach." Ach nuair a bhiodh an coguis a' fas maol, agus iad fèin a' fas trom agus cadalach chuireadh aon sealladh de'n chiste-mhairbh ud bior 'n an coguis, is theireadh iad riu fèin, *Eireamaid, is rachamaid suas a so, oir chan e so ar dachaidh.* Gus an là an diugh

nach tric a tha sealladh de chiste-mhairbh anns a bheil caraid caomh 'na shìneadh a' tarruing intinn agus aire dhaoine gu saoghal no gu dòchas a bha iad a' dichuimhneachadh !

A thuilleadh air sin bha a' chiste-mhairbh nd 'na barantas do chloimh Israel gu'm fios-raiceadh Dia iad, agus gu'n saoradh e iad, oir thubhaint Ioseph riu, "Gu cinnteach amhairc eadh Dia oirbh, agus bheir e mach sibh as an fhearrann so do'n fhearrann a mhionnaich e do Abraham, do Isaac, agus do Iacob," Chaith iomadh bliadhna seachad gun an gealladh sin a bhi air a choimhlionadh, ach ged bha an uine air fas cho fada mu dheireadh's gu robh iad am impis an gealladh agus an dòchas a dhiehuimhneachadh uile gu léir, bha rud-eigin 'g an eumail dileas do'n bhoid a thug iad do Ioseph, is cha do thiódhlaic iad riamh a chnàmhan anns an Eiphit.

### Cha ghabh am bàs seachnad

Ain am beatha mhic an duine tha àite aig a' chiste-mhairbh mar tha àite aig a' creathair; àite aig a' bhàs cho math 's a tha aig breith. Chan 'eil ain am breith no ann am bàs mhic an duine ach ceum o aon àite-còmhnuidh ann an tigh ar n-Athar gu àite-còmhnuidh eile. An uair a bha an duine gasda ud, Iain Quincy Adams, Ard-riaghlaire America, ceithir fishead a dh'aois thachair caraid ris aon là air an t-sràid, a thubhaint ris, "Ciamar a tha Mgr Adams an diugh?" "O," ars esan, "tha Mgr Adams gu maith; tha an tigh anns a bheil e a' fuireach a' dol sios; tha na ballachan a'

tuiteam agus an ceann a' rùsgadh; chan fhada a sheasas e ris na siantan a nis, is tha mi an dùil nach fhada gus am feum Iain Quincy Adams fhàgail, ach tha Iain Quincy Adams e fhéin gu maith, gu'n robh maith agaibh." Rinn e gàire beag ris fléin, is dh'fhág iad beannachd aig a chéile, a' bheannachd dheiireannach, oir ann am beagan uine bha Iain Quincy Adams marbh. Dh'fhág a spiorad an tigh talmhaidh, a bha air dol sios, is dh'ullaich Dia àite-còmhnuidh eile dha.

So dòchas ait nan an' ma naomh  
O'n Slànuighean caomh an tràths'.

Ach chan 'eil an dochas so aig na h-uile. An uair a bha am feallsanach mì-chreideach, Tomas Hobbes a' bàsachadh thubhaint e ri chàirdean, "Tha mi dol a mach do'n dorchadas." Thubhaint Ban-righ Ealasaid, "B' fheàrr leam na muillean a dh'òr nach robh am bàs romham."

"Thoiribh dhomh laudanam," arsa àrd-sgoilear Frangach, "tha eagal orm a bhi a' smuaineachadh air an t-siorruidheachd."

Do chuid tha am bàs 'na chùis-eagail; do chuid eile tha e 'n a theachdair sithé, ach co dhiu a tha sith no uamhas fo a sgiathan cha ghabh e seachnad, is luath no mall, sìnean sinn uile anns a' chiste-mhairbh.

"Gu ma beannachte gu robh athair ar Tighearn Iosa Criod o dh'ath-ghin sinne gu beò dhòchas, tre aiseirigh Iosa Criod o na mairbh chum oighreachd neo-thruaillidh a tha air a tasgadh 's na nèamhan dhùibhse, a tha air bhur coimhead le cumhachd Dhe tre chreideamh chum slàinte."

## Ann am bhruadair

CHAN 'eil móran a dhìth orm anns an t-saoghal so; bhithinn làn thoilichte na'n robh oighreachd agam ann am Muile agus *yacht*; birlinn sheòl a bhiodh maith ann am faire, agus a rachadh mu'n euairt an Rudha Mhurchannaich là air bith a rachadh an Loch Eann ann. Agus na'n robh mo roghaim de Mhuile agam b'e oighreachd Threisinnis, agus na h-Eileanan a tha dol leatha, a b' fheàrr leam. O chionn ghoirid chunnaic mi gu robh an ubhal òir so ri bhi air a reic, agus na'n robh fearann cho saor ann am Muile 's a tha e ann an Leòdhais, chuirinn taigse oirre. An uair a reic am Morair Leverhulme Leòdhais gheibheadh tu acair fearainn, sàor as a ghrunnad, air dà sgillinn is bonu-a-sia; aig an ruth sin cha bhriseadh e mi stiall inaith fhearainn a cheannach air an tugainn nu chòig notaichean deug. B' fheàrr leam còig notaichean deug a chur ann an oighreachd seach a chur ann an radio, no ann an seann mhotor car, ged nach fhaighinn aïsde de shòlas ach a bhi aon seachduin a' luingearachd

ri oir a' chladaich air feasgair chiùin anns an t-samhradh.

### Banrigh nan Eileanan

Tha Muile maiseach ann féin, aeh is e na h-eileanan beaga a tha siar air a tha 'g a dheanamh riomhach agus rioghail thar gach àite eile an Albainn. Tha iad a' snàmh ri thaobh anns a' chuan mar gu'm faiceadh tu lach mhór agus a h-àl a' snàmh gu stàtail air uchd na mara. Co dhiu a chi thu iad ann an dol fodha na gréine air feasgar bòidheach samhradh, no air là fluch is dorcha anns a bheil dusraich air cuan is speur, tha tàladh aca air do chridhe nach 'eil aig coiltean agus monaidhean air tir-mór.

Dh'fheumadh duine aig am biodh *yacht* ann am Muile a bhi gu maith ciramach, oir is ann air an sgriob-mhara a tha siar air Muile, eadar a' Chailleach agus na Torainnean, a bha an ionaltradh aig sreud na *Caillich Bheur*, is tha e air a ràdh nach 'eil ann an Eileanan Threisinnis

ach clachan a thuit as a cliabh là a bha i a' tighinn á Colbhasa 'g a failleadh fhéin ann an Loch Bà am Muile. Na'm failleadh i i fhéin uair 's na ceud bliadhna ann an uisge Loch Bà bhiodh i beò ceud bliadhna eile, ach dh'fheumadh i a bhi anns an loch m'am blaiseadh an t-eun an t-uisge, air neo cha bhiodh iocshlaint air bith ann. An uair mu dhereadh a thàinig i á Colbhasa gu Loch Bà chuir eù a bha a' comhfhartaitch air Dùn I moille oirre; dh' éirich a' ghrian m'an do ràinig i Loch Bà, is thuit i fuar marbh.

### Air sgiathan na h-inntinn

Ach chan 'eil dòchas air bith agam-sa gu'm fag duine d'am chàirdean de airgiad agam na cheannaicheadh Treisinnis, no gu'n euir mi seachad deireadh mu làithean air Loch Sgirodain no air Loch nan Ceall, no ag iasgach mu Ulbha no mu Lunga, ach chan 'eil agam ach map a thoirt leam do'n leabaidh agus leigeil le mac-meannain na h-inntinn sgiathan a ghabhail, agus ann am mionaid tha an oighreachd agus an yacht agam an asgaidh! Sin agad an dòigh as fheàrr dhuit oighreachd agus yacht fhaotainn. Air dhòigh eile cha bhiodh anna ach dragh: dheanadh iad duine boehd dhiot, ach bheir an oighreachd agus an yacht a tha agad 'n ad intinn solas agus saoibhreas dhuit gach là de d' bheatha.

\* \* \* \* \*

An raoir fhéin chaidh mise a mach do na h-Eileanan le còmhlann de dhaoine gasda a sheòl as an Oban air *yacht* anns a' bhliadhna 1787; Mac Cailean Mór, Iarla Bhraghaid-Alba, an Ridire Adam Ferguson, Mghr Thorkelin, duin-usal de mhuinntir Iceland, Mac Coinnich Shi-phort, agus aon no dhà eile.

Anns na bliadhnaichan 1780-1800 bha mòran bruidhne anns an dùlhaich nu chor na Gàidh-ealtachd; bha Bord an Iasgaich gu sònruichte a' deanann na b' urrainn dhaibh a chuiideachadh an t-sluagh, agus a' feuchainn ri bailteanaisgaich a chur air chois an sud agus an so, agus is ann o'n Ghovernment a chaidh na daoine ud a mach do na h-Eileanan, mar chaidh Caleb agus Saphat agus luchd-rannsachaidh eile a mach o Mhaoris do thir a' gheallaidh.

Cha do rinn mise ach dol leò 'u am inntinn'; dh'fhan mi anns an leabaidh le map, ach chòrd mo thuras rium fada na b' fheàrr nì chòrd e ri cuid dhiubh-san air an robh an tinneas-mara.

### Caol Muile mo rèin

Dh' fhàg sinn an t-Oban aig ochd uairean 's a' mhàduim, le soirbheas beag o'n car-dheas, ach cha deachaidh sinn na b' fhraide an oidhche sin na'n Sàilean. Bha Mac Gill Eathain Cholla romhainn anns an t-Sàilean, 'n a bhirlinn fhéin; Mac Gill Eathain nan Druimnean; Baillidh Thiriòdh; agus daoin-uaisle eile de Chloinn

Ghill Eathain nach d' aithnich mi. Bha suas ri dusan bàta anns an t-Sàilean 'g ar coinneachadh, agus a bratach fhéin ri crann gach té dhiubh, is piobair air bòrd. Fhuair iad uile cuireadh o Mhaic Coinnich Shi-phort an dinnear a ghabhail còmhla ruinn air an *yacht*, is bha oidhche chridheil againn.

Dh' fhan sinn beagan làithean ann am Muile, oir bha obair aig Mac Cailean agus a' chuid eile de na bhuiineadh do Bhòrd an Iasgaich ri dheanann ann an Tobar-mhoire, aon de na h-aitean anns an robh diuil aca gu'n gabhadh baile ùr a bhi air a thogail agus iasgairean a bhi air an suidheachadh. Ged tha Muile 'n a eilean bòidheach chan eilean e a bha riabh air oibrreachadh gu maith. Cha robh na h-uachdarain cho sgoinneil 'n an èuisean-saoghalta 's a bha na h-uachdarain air tir-mór, is cha mhò a bha an tuath. Cha mhór nach e Mac Gill Eathain a bha anns a h-uile fear-fearainn am Muile aig an àm ud, ach bha barrachd de ghliocas saoghalta ann an aon Chaimbeulach na bha ann an Cloinn Gill Eathain air fad.

### Seachad a' Rudha mhór

A Tobar-mhoire chaidh sinn do Chanaidh, ach theab nach ruigeamaid e oir bha a' ghaoth an ceann. Cha robh mise riabh ann an Canaидh aghair an turus ud 'n am inntinn, ach bu mhaith leam dol ann anns an fheòil. Buinidh e an diugh do Iain L. Caimbeul, a cheannaich an t-eilean an uiridh, ach bhuiineadh e ann an 1787 do Mhaic Mhic Ailean. Bha e làn dhaoine aig an àm ud, ged nach 'eil mòran ann an diugh. Tha iasgairean Loch Finn an dùil nach fhacas clearban air còrsachan na dùthcha so gus an tàinig iad do Loch Finn o chionn bliadhna no dhà, ach bha muinnitir Chanaidh eòlach gu leòr air a' chearban. Bhiodh iad 'g an iasgach ged nach itheadh iad dad dhiubh ach an grùthan.

A Canaïdh chaidh sinn a dh' Uidhist, ach ma bha Muile lom bha Uidhist na bu luime. Ach cha robh coslas luime air tigh-mór Bhaile-nan-cailleach far an d' fhuair sinn ar deagh chàradh aig Mac Mhic Ailean. B'e an aon duine a b' fheàrr leam fhaicinn ann an Uidhist bàrd agus seanchaidh Mhic Mhic Ailein, ach bha e sean, is cha robh e gu maith aig an àm, is cha do chuir mi dragh air. Chan 'eil fhios agam ciamar a chòrdadh na Caimbeulaich, na'n robh iad leinn, agus Mae Mhic Ailean, ach cha d' thàinig an Diuc na b' fhaide leinn na Muile; thill e air ais a dh' Ionar-aora.

### Muir a' beucadh

An déidh dhuinn Uidhist fhàgail dh' atharrach an t-sid, is fhuair an *yacht* droch shniomh m' an do ràinig sinn Dun-bheagain. Ach tha e mòran na's fhasa do mharraighean an t-Eilean Sgitheanach a thoirt a mach ri oidhche dhorcha

na tha e Uidhist a thoirt a mach. Dh' fheumadh duine a bhi gu maith eòlach air cladaichean, agus bàghan, agus caoil, agus seòladainn Uidhist, agus gu sónruichte Caolas na Hearadh, m'an rachadh e dlùth orra anns an dorchadas. Cha robh soluis againn ann an 1787 mar tha ann an diugh. Anns an leabhar a sgriobh i mu na h-Eileanan an Iar tha a bhean-uasal Goodrich Freer ag ràdh gur e Uidhist a Deas dùi nan uile àitean a rinn Dia riamh. Chan 'eil sin fior no cothromach; tha a ghlòir féin aig Uidhist a Deas mar tha a glòir féin aig a' ghealaich, ged tha a' ghrian a' toirt bàrr air a' ghealaich ann an glòir.

Bha trì sreathan agaínn anns an t-seòl mheadhoim an uair a bha sinn a' dol thairis air a' Chuan Sgìth. Dheasaich an còcaire biadh, ach cha robh biadh air aire neach a bha air bòrd ach a mhàin Thorkeilin á Iceland. Bha stamag làidir aige: agus fad an là bha e 'na chùis-fharmaid (agus 'na chuis-fheirge) do na daoin-uasile eile, a' cagnadh agus a' cnàmh a chir. Bu bhuidhe leinn uile dol air tir an uair a ràinig sinn Dùn-bheagain. Thug Mac Leòid dhuinn chan e mhàin cuid na h-oidhche ach cuid seachduin.

### Na h-Eileanan Samhraidh

A Dùn-bheagain chaidh càch do Steòrnabhagh, ach b' fheàrr leam-sa dol do Loch Braoin seach do Leòdhas, is ghabh mi an t-aiseag air a' bhirlinn anns an robh Mac Coinnich Shi-phort a' dol a chur air tir dà dhuin-uasal á Asaint.

Ma tha àite eile fo'n ghréim as bòidhche air là maith foghair na Loch Braon agus a chladaichean, agus a bheanntan agus eileanan, chan aithne dhòmhais e. Chan 'eil mùghadh ann dhuit ciod an taobh a thionndas thu, co dhiubh a sheallas tu air Beinn Mhór Asaint, no air an Teallaich.

no air na h-eileanan a tha a' deanamh faire air dorsan an locha, Tannara Beag is Tannara Mór, cilean an t-sagairt is eilean Mhàrtainn,—tha an sealladh àillidh.

Chan 'eil duine an diugh a' fuireach anns na h-eileanan sin ach nuair a chaidh sinne air tir ann an Tannara Mór fhuair sinn failt is biadh is deoch o Mgħr Moireasdan a bha a' fuireach ann an tigh gasda a chuir e suas dha fhéin. Bha ceithe beag ann cuideachd, agus tigh eile anns an robh e a' deanamh sgadan-dearg. Bha e a' deanamh beagan àitich cuideachd, agus a' gleidheadh chaorach, is tha mi an dùil, ghobhar,

### Eilean Mhàrtainn

Bha obair-éisg a' dol air aghaidh air eilean Mhàrtainn cuideachd, na bu mhotha na bha ann an Tannara. Chuala mi gur ann an so a bha muinntir an àite a' faotainn reic do'n iasg a għlacadh iad, agus gu robh ochd mile baraille sgadain air a ghlanadh anns an eilean a h-uile bliadhna. Chaidh sinn air tir an Ullapul ach cha robh am baile beag bòidhreach a tha ann an diugh air a thogail ann an 1787. Tha Ullapul 'n a àite togarrach a bhi ann, co dhiu a théid thu ann 'n ad inntinn no anns an fheòil, agus na'n robh mise rud beag na b' òige na tha mi, bu chaomh leam a bhi 'n am mhinistear ann.

Se ministear a bha aon uair an Ullapul maraiche a b' fheàrr a bha riamh ann an Loch Braon, an t-Urramach Aonghus Dòmhnullach, á eilean I, a dh' ionnsaigh marachd a' seòladh mu'n cuairt eileanan Threisinnis. Rachadh e a mach ann an geòla bhig ri an-shìd anns nach rachadh iasgairean làidir ruacasach gu muir.

\* \* \* \* \*

Ain sin chaidil mi, ach 'n am chadal fhéin, ged bha mo chorpa ann an siorramachd Pheairt bha mo spiorad air falbh anns na h-Eileanan.

## Anns a'

CHAN 'eil àite air an t-saoghal anns a bheil Ce cho furasda do Chreideamh ùr luchd-leanmuinn fhaotainn ri America, agus mar is neònáiche an Creideamh is ann as làidire an greim a gheibh e air inntinnean luaineach a tha gun acairchean eile. Tha uiread "fhàidhean" an America an diugh's a bha ann an Ephesus anns a' cheud linn, is tha luchd-leanmuinn aca uile. Tha feadhainn dhiubh aig nach bi saoghal as fhaide na tha aig na meanbh-chuileagan, ach tha feadhainn eile a' mairsinn gineal an déidh gineil a chionn gu bheil firinn air choreigin anna a tha a' riarrachadh acarais a tha ann an cridheachan dhaoine.

Mur biodh an creideamh ris an abrar *Christian Science* a' sásachadh ionndrainn air chor-eigin ann an cridheachan dhaoine cha bhiadh e

## Chathair

cho làidir 's a tha e an diugh, agus cha mhò a bhiodh eaglais air a stéidheachadh air.

Air a' cheud shealladh, theireadh tu nach robh e idir coltaich gu'n taghadh Dia boirionnach mar bha Mairi Baker Eddy a thoirt foills-eachadh ùr do'n t-saoghal. Bha trì fir aice, is dh' fhàg i tri muillean dollar an uair a shiubhail i, airgiod a rinn i air an diadhaidheachd.

Ciod, ma ta, ann an teagaisg a' bhoirionnaich so a thug dhi greim cho làidir air inntinnean dhaoine túrail? Thug gu'n do theagaisg i firinn air a bheil an Eaglais Chriosduidh a' deanamh dearmaid, agus gu'n robh ealadhain aice air cuirp dhaoine a leigheas, ealadhain a bha aig an eaglais abstolaich ach a chaill ministearan an là so gu buileach.

### Freumh de'n fhírinn

Tha an leabhar a sgríobh i làn faoineis is glòramais, ach air a shon sin tha freumh de'n fhírinn ann, agus is e am freumh sin a' bhunait air a bheil an eaglais ris an abrar *Christian Scientists* air a togail. Bha i 'n a boirionnach diadhaidh, is bha gaol mór aice air a' Bhiobull, ach ma bha ealadhain aice air daoine a leigheas chan abrainn gu robh ealadhain aice air a' Bhiobull a thuiginn no mhineachadh.

Air uairean bithidh teagamh a' tighinn 'n am inntinn-sa nach 'eil mi fhéin a' creidsinn nithean anns a' Bhiobull a bu chòir dhomh a chreidsinn, agus gu bheil cumhachd leighis anns a' Chreid-camh Chriosduidh nach do thagair mi riabh air mo shon fhéin, no air son dhaoine eile. An uair a théid mi a dh' amharc dhaoine tinne tha mi faiceallach nach abair mi aon fhacal a mhilleadh an earbsa anns na stuthannan a bhios an dotair a' toirt dhaibh, no a bheireadh orra a shaolsinn gu'n gabhadh iad leigheas gun dotair idir. Ach tha fhios agam glé mhaith nach ann as an Tiomnadh Nuadh a fhuair mi na beachdan sin ach o'm reuson fhéin, agus o'n teagasc a fhuair mi anns an sgoil, agus anns an oil-thig, agus o leabhraichean nam feallsanach.

Tha cunnatas againn anns an Tiomnadh Nuadh air daoine a blia eucailean an cuirp air an leigheas le "creideamh," agus teagasc gu'n dean urningh fhior miorbhulean nach urrainn do sgil no do chungaидh dotair a dheanamh. Cia meud ministear a tha 'g a chreidsinn sin? No cia meud duine tinn 'n ar coimhthionnailean a tha 'g a chreidsinn? Agus mur bheil sinn 'g a chreidsinn car son nach 'eil? An e gu'n abramaíd nach 'eil an teagasc so idir anns an Tiomnadh Nuadh, no gu'n abramaíd nach 'eil feum aig an eaglais an diugh air tiodhlacan is comasan a bha aig na ceud chreidmhich, no gu'n abramaíd nach robh daoine air an leigheas idir le "creideamh" ged bha na ceud chreidmhich an dùil gu'n robh.

### Ag amharc dhaoine tinne

An uair a théid ministear a dh' amharc neach a tha tinn chan 'eil teagamh nach 'eil an duine tinn agus a theaghlaich toilichte am ministear fhaicinn; their iad gu robh e coibhneil dha tighinn 'g a fhaicinn agus urningh a dheanamh aig taobh a leapa, ach cha bhi dùil air bith aca gu'n toir an urningh sin feabhas do'n fhear a tha air an leabaidh.

Na 'n abradh am ministear nach robh dad ceàrr air bodhig an duine ach na bba air a chur ceàrr le mì-riaghailt, no peacadh a bha 'na inntinn agus 'na spiorad fhéin, ghabhdh an duine tinn agus muinntir an teaghlach an fhearg. Agus na'n iarradh e air gun earbsa a chur ann an cungaídh ach 'uile earbsa a chur ann an urningh agus ann an creideamh, their-eadh iad gu robh e air dol as a chiall,

Cha bhi aon againn ag ràdh nan nithean so ri daoine timne a bhios sin a' dol a dh' amharc (no ruinn fhéin nuair nach bi sinn air dealbh) ach faodaidh e bhith gu bheil an rud ris an abair sinn ar Glioc, no ar n-Eòlas, no ar Tùr nàdurra, 'g ar cur air seachran, agus gu'm b' fhéarr dhuinn nach robh sinn cho mì-chreideach.

Their sinn gu robh an Tiomnadh Nuadh air a sgríobhadh ann an òg-mhaduinn an t-saoghail; gu'n tòanig atharrachadh is adhartas air beachdan dhaoine o na làithean sin, agus nach biodh e ceart dhuinn dol air ar n-aís gu saoghalinn tinn a dh' fhág sinn as ar déidh, no ar eùl a thionndadh air teagasc dhotairean is feallsanach.

### Solus fann ar reusoin

Chan abair mise gu bheil sin ceàrr, ach aig a' cheart àm tha fhios agam gu bheil an inntinn a tha againn an diugh fada fada air falbh o'n inntinn agus o'n àile a gheibhear anns an Tiomnadh Nuadh, agus glé thrice bithidh amharus 'g am bhualadh gu bheil an Tiomnadh Nuadh ceart anns a' chùis so, mar tha e ann an eùisean eile, agus gur e sinne agus solus fann ar reusoin a tha ceàrr. Agus glé thrice cuid-eachd bithidh amharus 'g am bhualadh gu'n do thuig leanaban mar tha Mairi Baker Eddy agus na daoine neònach a tha 'ga leantuinn criomain de'n Tiomnadh Nuadh nach do thuig na sgoilearan glic agus eagnaidh d' am bi mi a' toirt géill.

Ach ged tha mi a' creidsinn gu bheil na *Christian Scientists* a' cumail beò crioman de'n fhírinn air a bheil an Eaglais Chriosduidh a' deanamh dearmaid, agus a' deanamh maith do mhòran dhaoine a tha 'g an leantuinn, cha bu mhaith leam gu'n tòisicheadh an eaglais a nis air ministrealachd-leighis a ghabhail os làimh; cha deanadh sin ach cron do mhiniestearan agus do dhaoine tinne le chéile. Is ann o Dhia a tha leighis, co dhiu is ann le cungaídh no le miorbhui a tha e a' tachairt, agus bu mhaith an gnothuch na'n robh an lighiche agus am ministear daonnan a' co-obreachadh maille ri chéile. Sin a bu mhaith leis an duine ghlic, mae Shirach, fhaicinn, an léigh agus an sagart ag obreachadh còmhla.

A mhic, ann ad thinneas na bi mì-chùramach  
Ach dean t' urningh ri Dia,  
Agus leighisidh e thu.  
Cuir bhuit olc, agus glan do chridhe  
*Agus an sin cuir fios air léigh,*  
Oir is e an Tighearn a chruthaich e,  
Agus a thug dha éolas agus gliocas.

### Cumhachd na h-inntinn

Is e cridhe an teagaisg aig na *Christian Scientists* gur spiorad sinn, agus nach 'eil 'n ar fuli agus 'n ar feòil ach neo-ni. Tha a h-uile rud a tha a' tachairt, no a tha sinn a' faireach-

duinn, a' tachairt no 'ga fhaireachduin anns an inntinn. Chan 'eil ann am peacadh, no ann am pian, no ann an tinneas, no eadhon anns a' bhàs ach staid inntinn a tha daoine a' faireachadh-annta fhéin, agus is e an dòigh air buaidh fhaotainn thairis orra an staid-inntinn sin a chur air falbh agus staid-inntinn eile a chur 'n a h-àite. Na'n abradh thu riu gu robh thu a' faireachduin pian ann ad stamaig, theireadadh iad riut nach b' urrainn pian a bhi 'n ad stamaig, agus gur ann 'n ad *iuntinn* a bha e; nach robh ann ach beachd ceàrr a leig thu a steach d' ad inntinn, agus na'n *creideadh* tu nach robh e ann, nach bitheadh e ann na's mó. Cuiridh so 'n ad chiuimhne am facal a labhair Criosd, "Ciod air bith a dh' iarras sibh ann 'ur n-ùrnuigh, ma *chreideas* sibh, gheibh sibh e."

Tha iomadh rud ann an teagascg nan *Christian Scientists* a tha faoin agus leanabail, gun bhun gun bhàrr, ach air a shon sin tha iad a' tarruing dhaoine air falbh o'n eaglais Chriosduidh, a chionn gu bheil iad a' toirt dhaibh *cuideachadh*

no *fiodhlac spiorcadail* a bu chòir do eaglais Chriosd a thoirt dhaibh ach nach 'eil i a' toirt dhaibh.

### Fireantachd agus slàinte

Tha a' chuid mhór de'n pheacadh agus de'n mhi-shuaimhneas agus de'n tinneas-enirp a tha anns an t-saoghal ag éirigh as ar n-inntinnnean féin, agus chan 'eil leigheas eile orra ach an droch inntinn sin aideachadh agus a chur air falbh, agus an *iuntinn a bha ann an Criosd a chur 'n a h-àite*. Is ann o pheacadh no o dhroch inntinn a tha a' chuid mhór de laigse agus de thinneas a' chuirp ag éirigh, o eagal, no o ro-chùram, no o dhroch nàdùr, no o mhi-stuamachd, agus chan 'eil leigheas eile air an tinneas agus air an anfhanachd chorporra sin as cinniche na ealadhain a bhi againn air cumhachd Dhe a tharruing a nuas le ùrnuigh agus creid-eamh. Na'n iarramaid-ne fireantachd Dhe air tùs, bhitheadh nithean eile air an toirt dhuinn cuideachd, sith iomlan, agus slàinte.

## Aig an Uinneig

### An t-Urramach Eòghan Friseal

**B**HA móran dhaoine air feadh na Gàidh Bealtachd anabarrach duilich an uair a chual iad gu'n do chaochail ministear Ullapuil air a' mhios a chaidh seachad. Ged nach bu duine òg e bha coltas na sláinte air a ghnìùis agus air a cheum, is chuala mi nach d' iarr is nach d' fhuaire an riamh comhairle no cungaoidh o lighiche gus an do bhuail galair a bhàis e. Bha e cho slàn ri breac; cha d' fhairich e riamh dad a bu mhiosa na enatan.

Bhuineadh e do Srath-fhaiseag; bha e air oilleanachadh an Collaist na h-Eaglaise Saoire an Dùm-éideann; air a shuidheachadh an Srathaidh, an Cataibh, an 1903: 'na dhéidh sin bha e anns a Blàr Dhùbh, an sgír Urrath, ach dh' fhàg e Urrath an 1936 is chaidh e a dh' Ullapul.

Bha e 'na dhuine aoibheil sunndach, agus 'n a mhiniestar maith; faiceallach 'n a fhacal agus 'n a ghiùlan. Bha meas mór aig a bhràithrean air ann an Cléir na Cananaich. Bha e cho réidh 'n a dhòighean agus 'na nàdur's nach saoileadh tu le sealtuinn air aodann gu robh càram air inntinn riagh no camadh 'na chrrann-chur, ach bha toil làdir aige cuideachd. Bha e gaolach air sith is cha bu toigh leis aimhreit. Chuala mi o bhan-charaid anns a' choimhthional aige gu robh e 'na chleachdadh aige a bhi toirt buidheachais do Dhia air son na sìde, eo dhin a bha an aimsir maith no dona. Bhean an rud ~~11~~ m' choguis, oir tha eagal orm nach bi mise agus a' chuid mhór de mhiniestar cile a' toirt buidheachas-sìde do Dhia ach nuair a tha an

aimsir maith agus a tha i a' freagairt oirnn. Ni na cinnich fhéin sin.

### Ministearan òga

Anns an t-samhradh so, no anns an fhoghar, bha còignear mhiniestarán òga air an suidheachadh ann an sgirean Gàidhealach; Raghnall Mac Dhonnachaidh, B.D., an Loch Carrann; Donnachadh Mac Amblaiddh, an Cinn t-sàile; Niall Mac Aonghuis, an Hinipol, an Tiriodh; Dòmhnull Mac Leòid, M.A., an Cill Mhoire, an Uidhist a Tuath; agus Aonghus F. Mac Fhionghuin, an Gleann-Eilg.

Faodaidh iad uile a ràdh gu'n do thuit an crannchur ann an ionadan ion-mhiannaichte, ion-mhiannaichte ann an dà dhòigh, oir tha deagh choimhthional anns na sgirean sin agus bithidh an dachaidhean aca ann an àitean mais-each. Agus is mó an sòlas a bheir e do chridhe duine, agus an togar a bheir e dha 'n a obair, a bhi fuireach ann an dithaich blàidheach. Maitheas, Firinn, agus Maise, sin trianaid nach dean spiorad mhic an duine feum as an eugmhais.

Tha feum aig ministearan òga cuideachd air blàths agus misneachadh fhaotainn ann an tìs an töiseachaidh; ma tha iad de 'n t-scòrsa cheart tàirngidh sin asda an t-seirbhis as fheàrr is urrainn iad a dheanamh. Tha iomadh ministear òg a bha glé ghealltanach air a mhilleadh leis a' chend choimhthional anns an robh e air a shuidheachadh, a chionn nach robh grunnan de dhaoine glic agus de dhaoine diadhaidh am a chuidicheadh leis ann an gràdh a dhrench

ionnsachadh. Is ann an déidh dhaibh tighinn a mach as a' Chollaist a tha ministearan ag ionnsachadh nan nithean as eudthromaireachd 'nan dreuchd, is tha ealadhain shòrnachte aig cuid de choimhthionailean air na nithean sin a theagast dhaibh. Ma tha Dia a' toirt a chranncur do dhunne am measg dhaoine turail aig a bheil fiughair a h-uile Sàbaid ri searmonachadh turail agus spioradail dh' fheumadh bathais chruaidh a bli air na'n biodh e toilichte le smodan is càth thioram a thoirt dhaibh.

### Càraid chaomhail

Uair a bha an duine grinn nach maireann, an t-Ollamh Daibhidh Smith, a' searmonachadh an Obar Pheallaidh, agus gun ann aig an àm ach oileanach òg, bha a ghlùinean air chirth leis an eagal, oir b' e sùnd a' cheud là a sheas e riamh ann an cùbaid. Bha a chridhe cho meata 'na chom' gu robh e ag ràdh ris fhéin, an déidh na ceud iùrnuigh, gu'n teicheadh e as a' bhaile aig erioch na seirbhis gun fantuinn ris an t-seirbhiseasgair idir. Ach nuair a thug e a mach a cheann-teagaisg fhuair e cobhair, oir dbeare a shùl air leth-sheamh bhoirionnach a bha 'na suidhe m'a choinneamh, a bha a' dùr amharce air agus a sùilean bàigheil làn de thugse agus de ghràdh. Bha ministear, 'n a shuidhe làimh rithe, is bha a leithid de bhlàths agus de chaomhalachd ris ann an aodann na dithis ud's gu'n d' fhalbh an t-eagal a bha 'n a chridhe, is fhuar e saorsa.

An uair a sgoiloil an coimhthional chaidh iad a steach do'n *vestry*, is labhair iad le chéile ris le mór-choibhneas, ag ràdh ris, "Gu'm beannaichteadh an Tighearn thu agus gu'n deanadh e thu 'n ad bheannachd do mhórán."

Cò an dithis ud a bha anns an eaglais an Obar-Pheallaidh an là ud ach an t-Urramach Uilleam Cousin, ministear na h-Eaglaise Saoire, am Melrose, agus a bhean, boirionnach maith a rinn an laoidh mhaiseach a bhios sinn air uairean a seimh, *An tìr Immanuel shuas*.

An uair a bhios coimhthional cruinn tha feartan diomhair is fios diomhair a' dol a mach gun sgur o aon anam gu anam eile, o'n chùbaid gus na suidhechain, o na suidhechain a dh' ionnsuidh na cùbaid; air uairean, àile beatha, ach air uairean eile, àile bàis. Is sona an coimhthional anns a bheil gràdh agus bràithreachas a lionadh na h-eaglais mar àile cubhraidh.

### An diadhair agus Cas-shiubhail an t-sléibhe

Mur h-aithne dhuit sonas 'n ad chridhe fhéin  
Cha ruig thu air sonas an àite fo' n ghréin.

Là a thachair an diadhair, agus e ag iarrайдh an tuilleadh èolais air Dia, air Cas-shiubhail an t-sléibhe thubhaint an diadhair ris anns an dol seachad, "Gu'n tugadh Dia là maith dhuit, a bhràthair!"

"Buidheachas d'a ainm beannaichte," ars esan, "cha robh là dona agamsariamh."

Ghabh an diadhair ionghnadh; chuir e moille 'na cheum; is thubhaint e ris, "Gu'n deanadh Dia sona thu, a bhràthair."

"Buidheachas d'a ainm beannaichte," arsa Cas-shiubhail an t-sléibhe, "cha robh mise neo-shona riamh."

"Cha robh thu neo-shona riamh!" ars' an diadhair; "ciod a tha thu a' ciallachadh?"

"Tha so," ars esan, "nuair tha an t-sidh blàth, bithidh mi a' moladh an Tighearna, is bithidh mi 'ga mholadh nuair tha an aimsir flinch; co dhiu a tha mi sàthach no achrach tha mi 'g a mholadh, agus do bhrigh gur fhèarr a thoil-san na mo thoil-sa, car son nach bithinn sona?"

"Ach ciod a theireadh tu, a bhràthair, na'n tilgeadh Dia a dh' ifreann thu? Ciod a dheanadh tu an sin?"

Bha Cas-shiubhail an t-sléibhe 'n a thosd car mionaid, agus fhreagair e mar so, "Na'n tilgeadh Dia mise a dh' ifreann chuirinn mo dhà ghàirdean timchioll air, gàirdean mo chreidimh agus gàirdean mo ghràidh, is bheirinn leam e is bhithinn sona, oir b' fheàrr leam a bhi ann an ifreann le Dia na ann an nèamh as 'eugmhais.'

"Cò thu, no eiod e t' ainn," ars an diadhair a bha ag iarrайдh an tuilleadh èolais air Dia, oir chuir an fhreagairt ud mór ionghnadh air.

"Is righ mise," arsa Cas-shiubhail an t-sléibhe.

"Righ! ", ars an diadhair, "c' àite a bheil do rioghachd?"

"Tha mo rioghachd agus mo shonas 'n am chridhe fhéin," ars am fear eile.

*Mur h-aithne dhuit sonas 'n ad chridhe fhéin  
Cha ruig thu air sonas an àite fo' n ghréin.*

### Na Psychologists

Sin agad scòrsa dhaoine a bhios ag uisneachadh facail mhóra agus facail neònach mu nithean nach 'eil mór no neònach idir; a bhios a' cur an eáill ann am briathran iùra nithean a tha cho sean ris a' cheò, nithean a b' aithne do Sholamh fada m'an eualas iomradh riamh orra-san.

Tha iad an dùil nach aithne do phàrantan teaghlach a thogail, no do luchd-teagaisg class a theagast ann an sgoil-sheachduin no ann an sgoil-Shàbaid, no do ministeoir searmonachadh gu ceart, no do mharsanta bathar a reic, mur deachaidh iad troimh chùrsa-fògluim ann an psychology, agus rud as miosa air fad, tha ministearan agus marsantan agus párrantan air töiseachadh air so a chreidsinn.

Bha duine ann an Glaschn aig an robh balach mòmhail, air a mhilleadh le athair agus le mhàthair a chionn nach robh aca ach e fèin.

Cha leigeadh iad le duine air bith am balach prisel ud a chronachadh ged bha iad a' faicinn gu maith gu robh feum aige air smachd.

Mu dheireadh fhuair iad psychologist a dh' aon ghnothuch a theagasc umhlachd do 'n bhalach. Bha e a' toirt tri leasain 's an t-seachduin dha, is bha a h-uile leasau a' cosd deich tasdain, ach chaidh an psychologist an urras dhaibh gu'm biodh am balach 'n a bhalach maith ann an sé miosan.

Thàinig crìoch air obair nan sé miosan dhà no trì làithean roimh Nollaig; thug an duine taing do 'n psychologist, is thug e am balach leis do bhùth mór a cheannach dha tiodhlac-Nollaige.

Cho luath 's a chaidh iad a steach do 'n bhùth chunnaic am balach each mór maide air rothan thall m'a choinneamh, agus gun chead iarraidh air athair no air muinntir a' bhutha, leum e air muin an eich, a' glaodhach mar gu'm biodh e a mach air an raon, agus ag iarraidh air athair an t-each a cheannach dha. Thubhairt athair ris gu'm biodh an t-each na bu daoirena'n tiodhlac-Nollaige 'a bha e am beachd a thoirt dha, is dh'iarr e air tighinn gu lär, agus gu'n rachadh iad gu cuntar eile.

Ach cha tigeadh e gu lär; thòisich e air caoineadh agus air breabadh a chas, a' glaodhach ri athair gu robh an t-each a dhùth air agus gu'm feumadh e fhaotainn.

Bha an duine air a nàrachadh le mi-mhodh a mhic; bha a h-uile duine anns a' bhùth a' sealntuinn orra agus ag éisdeachd; am balach croisda a' gliugail le feirg is dannarrachd, agus 'athair gun sgoinn a' suathadh a làmh agus ag ràdh, "Ciod air an t-saoghal a ni mi? Nach

bochd nach robh an psychologist an so a nis, ach chaidh e do Ghrianaig, is cha ruigear air!"

Bha leth-sheann bhoirinnach làidir 'n a seasamh air an ùrlar, ag éisdeachd gliugail a' bhalaich agus ochanaich 'athar a' caoidh nach robh an psychologist dlùth, umbrella gharbh 'n a dòrn, agus a choslas oirre a bhi air tighinn a steach do 'n bhaile bhàrr na dùthcha. "Tha 'psychology' agam-sa, ars ise ris an duine, a bheireadh am balach bhàrr an eich ann an leth mionaid, na'm bu leam e."

"O, mile, mile taing," ars' an duine, bhithinn 'n ad chomain gu bràth na'n deanadh tu sin."

Chaidh i a null far an robh am balach; thubhairt i rudeigin ris ann an guth iosal nach euala duine eile, agus mar gu'n rachadh saighead ann leum e bhàrr an eich is ruith e gu athair, cho balbh agus umhail ri cù maith.

Fad na h-ùinc a bha iad anns a' bhùth chà do chuir am balach an corr dragha air athair no air duine eile; bha e a' falbh ri thobh cho sèimh ri uan, ach a' cumail a shùla air a' bhoirinnach aig an robh an umbrella.

An uair a bha iad a' fágail a bhùtha thubhairt an duine rithe, "Mo bheannachd agus mo bhuidheachas dhuibh, a bhean: bu mhaith dhòmhsa an diugh gu robh psychology agaibhse, ach ma's e 'ur toil e, an innis sibh dhomh rùn-diomhair 'ur n-ealadhain phriseil, no ciod a thubhairt sibh ri m' mhac?"

"Thubhairt mi ris," ars ise, "mur tigeadh e bhàrr an eich cho luath 's a b' urrainn dha, gu'n toirinn sgailcean air a mhàs a chuireadh deurach ann air am bidh cuimhne aige fad seachduin."

## Litir á Steòrnabhagh

FHIR-DEASACHAIDH IONMHUINN

Anns an iomradh air an Urramach Dòmhnull Dòmhnullach, Nis, a chuir mi thugaibh agus a chuir sibhse an clòdh ann am mòs August, tha iomrall beag a bu mhaith leam a chur ceart. Dh'ainmich mi gur h-e an t-Urramach Dòmhnull Mac Artair, Bhatarnis an Filein Sgitheanaich, an aon fhear a tha beò de na ministearan a bha suidhichte anns an Eaglais Shaoir an Leòdhas aig a' cheud Aonadh. Ann a bhi ag ràdh sin

rinn mi diochuimhe. Tha fear eile beò a bha suidhichte anns an Eaglais Bheurla an Steòrnabhagh (Eaglais Mhàrtainn), an t-Urramach Iain S. Dòmhnullach, D.D., a tha nis 'na mhiniestear ann an Syracuse, ann an Staitean America. Bu mhaith leam gu 'n cuireadh sibh so ceart ann an àireamh air choreigin de'n Mhiosachan, aon chuid 'n 'ur cainnt fhéin, air neo leis an litir so.

Le spéis is deagh-ghean,

RUAIRIDH MOIREASDAN.



## Leanabh an Aigh

"Rugadh dhuinne duine-cloinne; thugadh dhuinne mac; agus bithidh an uachdaranaichd air a ghualainn; agus goirlear mar ainn dha, Iongantach. . . ."—ISAIAH ix. 6.

"Is aithne dhuibh gràs ar Tighearn Iosa Criod, ged bha e saoibhir, gidheadh gu'n d'rinneadh bochd e air bhur son-se, chum gu'm bitheadh sibhse saoibhir tre a bhochdann-san."—2 CORINT. viii. 9.

**B**LADIADHNA an deidh bliadhna, aig àm na Nollaige, tha an saoghal a' beachdachadh le iongnadh air "bochdann do-rannsaichte Criod." "Esan a bha saoibhir, rinneadh bochd e air ar son-ne"; cho bochd agus nach robh aige air uairean àite anns an leagadh e a cheann.

'S e 'n t-iomantas bu mhìorbhùilich'  
Chaidh innsseadh riagh dò shluagh,  
An Dia bha ann o shiorruidheachd  
Bhì fàs 'n a chiochran truagh.

Chan urrainn duine air bith a ràdh le cinnt car son a rùnaich Dia gu'm bitheadh a Mhac 'n a dhuine bochd ann an làithean fheòla; air a bhreith ann an teaghlaich bochd, gun fhonn, gun fhearann, gun airgiot; agus air a' cheann mu dheireadh air a thiodhlacadh ann an uaigh neach eile. Ach air do Dhia bochdann shaoghalta a rùnachadh agus a thaghadh d'a Mhac théid againn air a thuiginn an déidh làimhe gu robh sin 'n a bhuamachd d'a rioghachd air thalamh.

### Bochdann Criod

Tha bochdann Criod a' teagastg gu bheil a h-uile leanabh a tha air a bhreith do'n t-saoghal so luachmhor an sealladh Dhe, co dhiu a tha ann mac Prionnsa a tha air a bhreith ann an luchairt ghreadhnaich, no mac ceàird a tha air a bhreith ann am fasgadh gàraidh.

Tha bochdann Criod 'g a tharruing na's dlùithe do mhór-shluagh an t-saoghal, agus a' toirt dearbhachd dhaibh gur h-aithne dha an cor. Bha e sgith agus acrach, agus mar sin tha daoine sgith agus acrach air thalamh a' creid-sim gu bheil co-fhaireachdquin aige ann an néamh ri an fhannachd a bhràithrean.

Tha bochdann Criod a' dearbhadh nach ann ann an ni air bith eile a bha a chumhachd ach a mhàin 'n a anam féin, anns an spiorad a bha an taobh-a-stigh dheth. Inbhe shaoghalta, eòlas, saoibhreas,—sin na nithean a bhithreas a' togail aon duine os cionn dhaoine eile, ach cha b' e gin de na nithean sin a choisinn uachdaranaichd do Criod. Agus a thuilleadh air sin, leis gu'n do rùnaich Dia nach bitheadh a Mhac gràdhach an eisiomail nan nithean sin, tha e a' teagastg nach 'eil luach air bith anns na nithean sin an coimeas ris an oigreachd a tha aig a h-uile neach mar mhac do Dia.

### Uabhar na beatha

An àite air bith anns am faicear e tha uabhar na beatha 'na rud amaideach, ach an láthair iongnadh Bhetleheim tha e 'na rud nàrrach. Is ion do dhaoine a tha 'g am meas féin na's feàrr na daoine eile, agus a' deanamh tàire air daoine eile, nàire a bhi orra aig a h-uile àm, ach is ion dhaibh nàire a bhi orra aig àm na Nollaige gu sònruichte, oir tha an inntinn sin calg-dhireach an aghaidh na h-inntinn a bha ann an Criod, agus an aghaidh a' ghutha a tha a' tighinn o Bhetleheim! Cluinnear teachdair-eachd Bhetleheim ann an iomadh guth, ach cluinnear gu soilleir e ann an guth Phòil, "Na bitheadh bhur cion air nithibh àrda, ach curiibh sibh féin an comh-inbhe riusan a tha ional. Na bithibh glic 'n 'ur barail féin."

Cha taimig e riamh a steach air inntinn Criod gu robh e a' deanamh mùghaidh air bith do "bheatha" duine co dhiu a bha e bochd no beartach, ach a mhàin gu robh e na bu duiliche do dhaoine beartach dol a steach do rioghachd nèimh. Thubhairt e nach b' ann anns na nithean sin a bha "beatha" an duine. Tha "beatha" an duine anns an dàimh anns a' bheil e ri Dia; is mac no nighean do Dhia a h-uile leanabh a tha air a bhreith; an coimeas ris a' bhoimh sin a tha 'g an ceangal ri chéile chan 'eil anns na nithean a tha a' deanamh atharrachaидh eatorra, airgiot, no inbhe, ach neo-ni. Cuiridh Bettleheim smal eadhon air an òr.

### Farmad is gamhlas

Ach ma tha e an aghaidh inntinn Criod gu'm biodh daoine beartach tàireil air daoine bochda, tha e a cheart cho fada an aghaidh inntinn Criod gu'm biodh daoine bochda farmadach no gamhlasach ri daoine beartach a chionn gu bheil barrachd de'n t-saoghal aca na tha aca féin. Tha iad le chéile a' dichiuimh-neachadh nach 'eil claon-bhàigh aig Dia ri aon neach seach ri neach eile, no ri aon seòrsa dhaoine seach ri seòrsa eile; tha a ghràdh-san a' cuartachadh nan uile; is tha soisgeul a mhic a' taigrisinn na h-aon saorsa do Iudhaich agus do Chinnich, do dhaoine geala agus do dhaoine dubha.

Glé thric tha inntinn an t-saoghal agus dòighean an t-saoghal a' freumhachadh anns

an eaglais, agus ann an creidmhich a tha ag aideachadh Chriosd, air chor agus gu'n saoil iad “gur e an duine an t-aodach,” agus gu'n toir iad urram do neach aig a bheil fainne air a mhéar, eo dhiu a tha e airidh air urram no nach 'eil, ach tha an guth a tha a' teachd d' ar n-ionnsuidh o Bhetlehem ag iarraidh orra an taois ghoirt sin a chur a mach as an cridheachan, agus an earrann so de shoisgeul Chriosd a leughadh a ris : “ Air do Iosa leanabh beag a ghairm d'a ionnsuidh, chuir e 'n am meadhon e ; agus thubhairt e riù, Gu firinneach tha mi ag ràdh ribh, Mur iompaichear sibh agus mur bi sibh mar leanaban, nach téid sibh a steach do rioghachd nèimh. Ge b'e dh' islicheas e féin mar an leanaban so, is e sin féin as mò ann an rioghachd nèimh.”

#### Laigse a dhaonnachd

Ach bha Criosd air a dheanamh bochd air ar son-ne ann an seagh as dòimhne na bochdaimh shaoghalta. B' aithne do na h-abstoil gu maith gur e duine bochd a bha ann an Criosd, agus gur ann ann an teaghach bochd a rugadh e ; b' aithne dhaibh nach robh airgiot no òr aige, tigh no fearann, agus nach d' fhág e dad as a dhéidh ach a mhàm an t-aodach i bha uime. Ach cha b' ann air a' bhochdaimh shaoghalta so a bha na h-abstoil a' smuaineachadh an uair a sgrìobh iad mu staid iosal Chriosd, ach mu'n astar neo-chriochnach a bha eadar glòir a dhiadhachd agus laigse a dhaonnachd.

Bha na h-abstoil uile a' creidsinn gu'm b' e Criosd Mac Siorruidh Dhe, a bha maille ris an Athair o thus, leis an do chruthaicheadh na h-uile nithean air nèamh agus air thalamh ; am Facal siorruidh a bha maille ri Dia, ach a thàinig do'n t-saoghal, agus a bha air a dheanamh 'na fheòil. Agus is e an isle agus an laigse dhaonna gus an do chrom e le a shaor thoil féin a bha 'n an inntinn an uair a bhiodh iad a' bruidhinn air “bochdaimh Chriosd.” Le a dhiadhachd a bhi ag còmhnuidh am feòil rinn e priosanach dheth féin ann an tigh talmhaidh a' chuirp, air chor agus ged bha e neo-chruthaichte agus co-ionnan ri Dia, gu'n robh nithean ann nach b' aithne dha, agus nithean nach b' urrainn dha a dheanamh, agus gu robh e anns na h-uile nithean air a dheanamh coltach ri bhràithrean.

Ciod an t-ainm eile ach *Iongantach* a ghoirear do'n leanabh bhochd so a rinn móran saoibhir le a bhochdaimh, no ciod an t-ainm eile a bheirear do'n ghniomh a rinn e 'nuair a dh' irioslaich e e-féin agus a ghabh e air féin nàdur ar daonachd-ne, ach gràs ; gràs Dhe ; gràs-saoraidh Dhe ?

Bha broclach aig na sionnachaibh  
'G am foluchadh o theinn  
Bha nid aig eunlaith 'n adhair fós  
An geugaibh àrd nan crann ;  
Ach esan a rinn uile iad,  
'S gach ni 's a chruinne-ché,  
Bha e féin 'n a fhòggarrach,  
Gun chòmhnuidh aig' fo'n ghréin.

## Anns a' Chathair

**T**HUBHAIRT an t-Easbuig Teàrlach Gore Tuaireigin nach 'eil puing eile ann an teagast a' Bhiobuill as duiliche a chreidsinn na “gur gràdh Dia.” Cha bu duine Teàrlach Gore nach robh a' tomhas a bhiathran gu curamach, agus ged tha am facial so car dorcha agus car ion-gantach air a' cheud shealladh, tha mi an dùil gheil e flor.

Tha sinn air fàs cho cleachdte ri bhi a' cluinnntinn gràdh Dhe air a shearmonachadh gun cheisd, gun teagamh, 's nach 'eil sinn a' smuaimeachadh idir ciod a tha briathran an t-searmonaiche a' ciallachadh, gus an toir rudeigin oirnn stad air ar ceum agus na diadh-airean a cheasnachadh.

\* \* \* \* \*

Air a' bho 'n-uiridh, ann am baile beag ann an dùthach nach ruig mi a leas ainmeachadh, bha càradòg ghaolach a' fuireach ann an tigh beag air machair réidh. Bha iad bliadhna pòsda, is bha iad cho companta agus cho tollichte le chéile 's nach b' fhaide a' bhliadhna sin na seachduin. Bha iad le chéile diadhaidh ; agus bàigheil, coibhneil, r' an coimhearsnaich. An uair a thòisich iad ri fiughair a bhi aca ri leanabh bha

cupan an sòlais làn, is bha uidheamachadh gaolach air a dheanamh air son an leinibh, a tharruign na párrantan ri chéile ann an dàimh a bu dùlùithe agus a bu diomhaire na rinn eadhon an gaol d'a chéile, ged bu mhór an gaol sin.

Is ann air maduinn na Sàbaid a dh' fhàs an òg-bhean tinn. Cha robh fiamh no eagal air an dotair no air a' bhanaltrum an uair a ráinig iad, oir bha fhios aca gu robh i làdir, fallan, agus nach robh fàth eagail ann. Thubhairt iad ris an duine gu'm b' fheàrr dha dol do'n eaglais mar b' àbhaist dha ; nach robh cùisean cabh-agach, agus gu'n robh e cho maith leò e bhi as an Rathad co dhiu.

Sin a rinn e ; chaidh e do'n eaglais, agus b'e an ceann teagaing a bha aig a' mhiniestar, “Tha fhios againn gu'n comh-oibrich na h-uile nithean chum maith, do'n dream aig a bheil gràdh do Dhia, eadhon dhaibh-san a ghairmeadh a réir a riùn.”

Thàinig e 'n a inntinn gu robh comhfhurtachd mhór anns na briathran, agus gu robh e cho cinnteach as a ghràdh féin do Dhia, agus gràdh a mhìnatha cuideachd, 's gu'm faodadh iad an gealladh so a thagar anns an t-suidheachadh anns an robh iad. Cha chual e móran de na

thubhairt am ministear, oir bha 'inntinn an àite eile, ach bha an ceann-teagaig 'n a thaic dha.

Cha robh e air falbh o'n tigh ach mu dhà uair an uaireadair uile gu léir. Beagan an déidh dha an tigh fhàgail fhuair a bhean leanabh-mic, pàisde lùrach, làdir; ach an uair a bha an dotair agus a' bhanaltrum air gach cuis a chur ceart, agus a' sineadh an leinibh ri taobh a mhàthar, thàinig sgríos agus bàs air an tigh as an iarmait le fuaim a b' eagalaiche na tàirneanach. Chaidh rud-eigin ceàrr anns an acfhuinn aig bàta-adhair a bha dol seachad, agus ged b' fharsuing an saoghal dhi, is ann air fior mhullach an tighe ud a thuit i le sgleog a chuir a cheann 'n a bhroinn, agus a chuir i fhéin 'n a criomagan, agus air theine.

Bha an dotair air a mbarbhadh, agus am pàisde agus a mhàthair, agus an dithis ghillean a bha anns an t-soitheach-adhair, ach gu mòrbhuiileach fhuair a' bhanultrum a mach as an tigh beò.

Am fear a dh' fhàg a thigh agus a bhean cho sona anns a' mhaduinn, b'e sud an sealladh a bha a' feitheamh air 'nuair a thàinig e dhachaidh.

"A Thighearna na'm biodh tua an so, chan fhaigheadh mo bhràthair bàs."

C'aite an robh aingeal an Tighearn a dh' fhosgail dorsan a' phriosain do Pheadar anns an oidhche?

No c'aite an robh na h-ainglean d'a bheil Dia a' toirt àithne mu thimchioll a shluagh, chum an gleidheadh 'n an slighean uile?

\* \* \* \*

Ach ged bu bhrònach an rud ud a thachair chan 'eil ann ach aon osna bheag de thorman bròin an domhain. An 1755 bha baile Lisbon air a sgríos le crith-thalmhainn ann am beagan mhionaidhean, is bha còrr agus tri ficead mile air am marbhadh. Cha b'e mi-chùram dhaoine a b' aobhar do'n sgríos ud; cha robh anns a' chrith-thalmhainn ach an rud ris an abrar *gniomh Dhe*. Ach tha am Biobull ag ràdh gur gràdh Dia; gu bheil Dia ceart 'n a uile shlighean agus naomh 'n a uile ghniomharan. A bheil dearbhadh air bith ri fhaicinn anns a' Chruthachadh gu bheil sin fior?

Ma their thu gur e breitheanas o nèamh a bha ann, no na'n comharracheadh Dia aingidh-eachd nach seasadh aon neach no aon bhaile 'n a làthair, car son a thuit breitheanas air Lisbon seach air Paris no air Lunnnainn? Ma bha Dia toileach air Sodom a shaoradh na'm faighteadh deich no ficead ionracann ann, car son nach do shaor e Lisbon air sgàth nam ban naomh ris an abrar, *Peathraichean na Tròcair*, agus air sgàth na cloinne? Ach mar nach bu leòr an sgríos a rinn a' chrith-thalmhainn, an déidh na crith-thalmhainn thàinig tuil, a bhàth a' chuid sin de'n chloinn agus de *Pheathraichean na Tròcair* nach robh cheana air am marbhadh.

### An e so Sàtan?

Am measg treubh shònraichte de chinnich na h-Afric tha e air a ràdh gu bheil an t-Urra Mór a chruthaich an saoghal 'n a Spiorad Maith, a tha a' rùnachadh maith do dhaoine air leth-bhràthair aige a bhios a' cur a chorraig ann an gnothuinechein gun sgur, agus a' milleadh cuid a dh' obair am Urra Mhóir. Sin an dòigh anns a bheil iad a' cur soluis dhàibh féin air tubaisteán is nithean deuchainneach nach eil furasd a thuiginn, ma tha Dia an dà chuid uile-chumhachdach agus iomlan 'n a mhaiteas.

Ciod an dàimh a tha eadar Dia agus ar Màthair-thalmhainn? Le ar màthair-thalmhainn tha mi a' ciallachadh, *An Cruthachadh*; a' chom agus am broilleach as an tainig sinn, no Nàdur, mar is trice a their daoine, ged nach toigh leam an facial sin an Gàidhlig; is fheàrr leam ar Màthair-thalmhainn a ràdh ris an rud ris an abrar 's a Bheurla, *Nature*. Ciod an dàimh a tha eadar ar Màthair-thalmhainn agus Dia? An e guth an Tighearn a tha sinn a' chuinntinn ann an gniomharan, no ann an saothair ar Màthair-thalmhainn, no am faodar na guthan ris a bheil ise a' labhairt ruinn a ghabhail mar fhoillseachadh air nàdur agus rùinteán Dhe?

### Cridhe cruaidh

Ged nach toigh le mac gaolach dad ceàrr a ràdh m'a mhàthair tha eagal orm nach gabh e ceilltinn gu bheil cridhe ar Màthair-thalmhainn cho cruaidh ri marabal agus cho fuar ris a' bhàs, gun truacantas, gun tròcair. Cò riagh a chunnaic a' mhuij a' sileadh dheur a chionn gu robh daoine 'g am bàthadh? Is coma leis a' mhuij ciod a dh' éireas do chloinn-daoine.

Chan e mhàin gu bheil ar màthair-thalmhainn gun truacantas, ach air uairean tha a choslas oirre a bhi gun chiall; mar gu'n rachadh i air-mhire-chuthaich millidh is sgríosaidh i ann an uair a dh' ùine obair air an do shaothraich i fad aois-duine. Sracaidh an dealanach ann an tarriung na h-analach a' chraobh mhaiseach a bha ceud bliadhna a' fas. Na blàthán agus na measan ris an do ghabh i uiread saothair agus cùraim anns an t-samhradh, seargaidh i iad, agus ni i iad gun fheum, le aon oidhche reodhaidh.

Tha ar màthair-thalmhainn làdir agus seòlta, agus maiseach eadhon 'na feirg, ach cò is urrainn a ràdh gu bheil i truacanta no gaolach? Ged tha a clann a' marbhadh agus ag itheadh a chéile gun sgur, tha ise coma, is chan 'eil i a' ghabhail suim. An uair a sgeitheas a' bheinneannteach, agus a thachdas i le luathre-theime leth-cheud mile duine, no bhios muillean mhàthair agus phàisdean air am bàthadh leis an abhainn mhóir an China, cha chuir sin am

bròn as lugh a air ar màthair-thalmhainn, is cha tarruing e aon osna bho a eridhe cruaidh.

### Cogadh uamhasach

Is ise màthair nan uile bheò, ach chan e mhàin gu bheil i coma ged dh' itheadh a clann a chéile ach is e i fhéin a dh' ionnsaich dhaibh sin a dheanamh; is thug i dhaibh armachd agus innleachdan leis a bheil cogadh uamhasach a' dol air aghaidh gun sgur air uachdar na talmhainn, cogadh anns am feum mac an duine páirt a ghabhail chum a bheatha fhéin a dhòn. Tha deich muillean de sheòrsachan mheanbh-bhiastagan (snàigeach no iteagach) anns a' chruthachadh, ach tha a nàmhàid fèin aig gach seòrsa dhiubh sin, aon chreutair ag itheadh a' chreutair eile, gun näire, gun iochd. Cha do chuir ar màthair-thalmhainn *Pacificm* ann an aoraibh gin d'a cloinn riamh. C'áite air bith an d' fhuair mac an duine an teagast sin chan ann o mhàthair-thalmhainn, oir tha e calg-dhireach an aghaidh an dùthchais a fhuair e bhuaipe-se. Is e an dùthchais a tha ise a' toirt dhaibh, earbsa a chur 'n an luathas agus 'n an neart fèin, agus am bràthair as lughagh agus as laige itheadh, m' an ith esan iadsan.

Ma tha Dia iomlan 'n a ghràdh agus 'n a mhaiteas car son a rinn e an saoghal air a leithid de dhòigh 's nach e a mhàin gu bheil an àmhghar agus am pian so, agus am marbhadh so, a' dol air aghaidh ann, ach nach 'eil dòcha air bith againn gu'n sguir e gu bràth? Ach ged tha daoine a' cur na ceiste sin air Dia bho thoiseach an t-saoghal cha tug Dia làn-fhreag-airt dhi riamh. Eadhon amns an fhoill-

seachadh air a rùinteán a thug e dhuinn ann an Iosa Criodh cha tug e dhuinn ach leth-fhreagairt; barantas làdir a dh' fhòghnas do chreideamh, ach nach 'eil a' cur teagaimh as an rathadh uile gu léir.

### An aon dearbhadh

Cho fad 's is léir dhòmhhsa, no tha mo thugse a' dol, chan 'eil dearbhadh air bith ri fhaicinn ann am beatha nàdurra a' chruthachaidh gur e Neach gràdhach a rinn e, no gu bheil truac-antas agus iochd agus moraltachd na's fheàrr na luathas agus neart agus seòltachd, ann an stíleán Urra Mór na Cruinne. Chan fhaighean dearbhadh sin ann an àite air bith eile ach anns a' Bhiobull; anns an fhoillseachadh a rinn Dia air fèin do na naoimh troimh na linntean, agus gu sònraichte anns an fhoillseachadh a rinn e air fèin ann an Iosa Criodh a mhac, a leagsios a bheatha fèin air ar son-ne. "Tha Dia a' moladh a ghràidh fèin duinne do bhrìgh an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich, gu'n do bhàsaich Criodh air ar son." Sin agad an aon dearbhadh as urrainn dhuit fhaotainn ann an àite air bith, gur gràdh Dia, ach tha an dearbhachd so air a thoirt do chreideamh a mhàin. Ma tha an dearbhachd so 'n ad chridhe tre chreideamh agus tre Fhacal Dhe, theagamh gu'n cluinn thu iomadh guth, mórr agus beag, anns a' Chruthachadh a' toirt dhuit fianuis air gràdh Dhe, agus mar sin a' neartachadh do chreidimh, ach mur bheil an creideamh so 'n ad chridhe cheana, chan 'eil dad ri fhaicinn ann am beatha dhòiomhair no fhollaisich a' Chruthachaidh a dhùisgeas ann e.

## Am Bràghaid Alban Ainmeil

LE SEUMAS MAC GILLE MHICHEIL WATSON, M.A., ARD FHEAR-TEAGAISG NA GAIDHLIG,  
AN OILTHIGH DHUN-EIDEANN

IS e so ainm an leabhair eireachdail, luach-limoir a sgrìobh an t-Urramach Uilleam Mac Gille Iosa, B.D., Ministear a' Cheannmhoir, air eachdraidh na ceàrna sin de shiorramachd Pheairt anns a bheil e air earrann mhór de a bheatha a chur seachad a' saothrachadh ann an aobhar an t-Soisgeil air bruachaibh Locha Tatha. Tha e air a bhith a' sgrùadhagh agus a' ramnsachadh gach leabhair agus gach làmhsgrìbhinn thall agus a bhos ré còrr agus fichead bliadhna, agus anns an leabhar so tha dioghlum na h-obrach sin air a chur cruinn ann an leabhar anns a bheil còrr agus ceithir cheud taobh-duilieig.

Tha móran de eachdraidhean againn an Albainn air an sgrìobhadh mu thimchioll shiormachdan agus sgìreachdan, agus tha e 'na aobhar thoileachais do'n fheadhainn sin aig a bheil uidh ann an seann eachdraidh an dùthcha

fhéin gu bheil an leabhar so mu cheàrn cho ainmeil agus cho brèagh de'n dùthaich ri Bràghaid Alban air a chur ris an àireamh; gu h-àraidh 'nuair a tha e air a sgrìobhadh le sgoilear a tha cho mion-eòlach air an dùthaich agus air a' chàin a bha air a labhairt innt. Ann an àm a chaidh seachad chaidh eus de leabhairchean mu eachdraidh na h-Albann a sgrìobhadh le daoine a bha tur aineolach air càin agus litreachas na dùthcha; agus mar sin cha robh tuigse no breithneachadh aca air cor agus faireachdainnean an t-sluagh, agus cha b'aithne dhaibh eachdraidh a thoirt a ainmean nan àitean. Ach tha a h-uile ni de so riatanach mun urrainn do neach eachdraidh dùthcha sam bith a sgrìobhadh.

Is e Bràghaid Alban ainm na dùthcha a tha mun cuairt cuid de Loch Tatha agus àitean a tha aig ceann an iar an locha, mar a tha Gleann

Lòcha, Gleann Dochart, agus Srathaibh Fhaolain. Tha mu dhà fhichead mile air fad ann bho Rinn Liomhunn gu Càrn Droma. Is e eachdraidh an fhearainn sin a tha an t-úighdar ag innse a nuas bho na linntean dorcha anns an do thogadh na Ceareall Chlach gus an latha an diugh. Tha móran fiosrachaidh ri fhaotainn ann air an Eaglais Cheiltich agus air naoimh na h-Eaglaise sin, mar a tha Faolan agus Adhamhnán, a bha a' craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil mu churairt Locha Tatha, agus a dhífhág an ainmean ann gus an latha an diugh. Tha cunntas air a thoirt dhùnn air mar a ghlac na h-Albannaich ceannas anns an dùthach, a' sior shàthadh a steach bho Earrá Ghàidheal, car coltach ris mar a rinn na Caimbeulaich sia ceud bliadhna 'na dhéidh sin.

Ach ma dh'fhaodas neach iomradh àraidih a thoirt air earrann sam bith de'n leabhar seach a chéile faodar a ràdh gur h-e na caibidilean mu na teaghlaichean agus mu na fineachan a bha a chòmhnaidh am Bràghaid Alban as mothà a ghlaes aille an firh-eachdraidh. Ann a bhith a' sgrìobhadh eachdraidh nan teaghlaichean sin sgrùd an t-úighdar móran de phàipearan agus de làmhd-sgrìbhinnnean de nach d'rinneadh feum gu ruige so le luchd-eachdraidh. Mar thoradh air so tha cunntas nas fheàrr aige air Clann an Aba na tha ri fhaotainn an leabhar sam bith eile. O'n a' chóigeamh linn deug is e eachdraidh Bhràghaid Alban eachdraidh nan Caimbeulaich, ach is dòcha nach 'eil fhios aig a h-ule neach nach robh ploc talmhainn aig na Caimbeulaich am Bràghaid Alban roimh an chóigeamh linn deug, ged a bha ceithir cheud mile acair aig air treas Marcus goirid mun do chaochail e. Ach bha na Caimbeulaich riaghmath air cur ris an fhearainn agus faodar a bhith cinnteach nach ann gun ainneart, gun cheilg, gun mhurt agus gun mharbhadh, a rinn iad sin. Chreach iad Clann Ghriogair agus Clann an Aba agus iomadh Clann eile gun chasg a chur air an ciòcras fearainn. Do na treubhan sin b'e sliochd nan cuilean gun bhàidh an da-rìribh a bha ann an Tighearna Ghlinn, daoine bòrba cruaidh-chridheach mar Cailean Liath agus Donnchadh Dubh a' Churraic. Cha robh suim sam bith aca sin do chleamhnas no do dhaltachas no do bhuadhan cluïteach eile a bha a' comharrachadh an fhior Ghàidheil. Chaidh na Griogairich a ruagadh as na glinn

a bha dùthchasach dhaibh agus cha do nochd na Caimbeulaich meachainn eadhon do chliamhainn Tighearna Ghlinn Lòmhunn, "Griogal Cridhe," ceann-feadhna Chloinn Ghriogair. Bha murtairean 'gam páigheadh gu Clann Ghriogair a sgathadh as an dùthach agus 'nam measg-san a thuit bha dithis mhac Sheumais Mhic Ghriogair, Deadhan Lios Mhóir, a bha 'nan còmhnaidh am Fartairchill. Nuair a leughas neach an eachdraidh a tha so, cha chuir e iongnadh air gun do sguab an dara Marcus móran theaghlaichean bhàrr an fhearainn anns an d'fhuair an athraichean am beòshlainte, agus chan urrainn sinn uiread urrain a thoirt do'n duine a cheadaich a leithid de obair agus a bu mhiann leis an úighdar.

Tha móran de nithean annasach eile anns an leabhar so air nach urrainnear iomradh a thoirt aig an àm. Gheibhear eachdraidh na h-Eaglaise bho leabhrachaean na Cléire. Chithear nach d'atharraich nàdur an duine gu mór. Bha daoine a' briseadh na Sàbaid anns na làithean a dhífhalbh, a' tional chnothan anns a' choille agus eadhon a' bleith aig a' mhuiilinn agus ag obair anns an achadh. Gheibhear litir aighearach ann bho Alasdair Mac Dhonnchaidh, Tighearna Shrùthain, a' dèanamh casaid ri Ministear a' Cheannmhoir a chionn nach robh a luchd-cinnidh á Sròn Fearnain a' faighinn an àireamh shuidheachan bu chòir dhaibh anns an eaglais. Tha e air son an còraichean fhiaicinn aig a chuid dhaoine, tha e ag ràdh, ged nach 'eil e a' tuiginn ciod e a tha 'gan cur do'n eaglais do'm buin am Ministear. Chan 'eil e air innse an d'fhuair Clann Donnchaidh na suidheachain. Shuidhich an Seisean gun euireadh iad a' chùis fa chomhair Iarla Bhràghaid Alban, ach tha eagal oirnn nach fhaigh-eadh Clann Donnchaidh ead suidhe nan tigeadh air Caimbeulaich seasamh air tàilleabh sin.

Tha caibidilean anns an leabhar air sgoilean, air beul-aithris, air ainmean dhaoine agus ainmean àitean, agus air iomadh nì eile as urrainn am fear-leughaidh a rannsachadh dha fhéin. Tha an leabhar air a dheagh dheasachadh, agus air a chlò-bhualadh gu snasail; agus tha e air a sgeadachadh le sàr dhealbhan de àitean cho bòidheach agus a gheibhear an Albainn. Gu dearbh is geal as fhiach e a leughadh.

## An t-Urramach Raonull Kerr, B.D., nach maireann

LE IAIN MAC DHUGHAILL, AM BARRAIDH

BHA luchd-éisdeachd Gàidhlig aig an duine so bho thoiseach gu deireadh a mhini-strealaichd, agus is iomadh iad air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan a bha duilich nuair a thàinig 'obair gu ceann, is aig a bheil

mór cho-fhaireachadh ris a' bhantraich agus ris an teaghlaich a dh' fhàg e.

Rugadh e an Arainn an 1868, agus mar a rinn iomadh eileanach òg eile, an uair a bha e deas air son cosnайдh rinn e Rathad dha fhéin. Chaidh

e a dh' ionnsachadh a bhi 'na sgiobair-mara, ach mu 'n do chriochnaich e fhòghlum air son na h-obrach sin bha e aig a leabhairchean aon latha nuair a labhair guth diomhair ris a thubhairt,— “cuir uat iad : cha bhi feum gu bràth agad orra.” Sin mar a rinn e air obair na ministrealachd. Chaidh fhòghlumadh an Oil-thigh Ghlaschu agus an Collaist na h-Eaglaise Saoire 's a' bhaille sin ; agus lean e air fòghlum gus an do choisinn e B.D. bho Oil-thigh Lunnaid beagan bhliadhna an déidh sin.

Ann an 1901 chaidh a shuidheachadh le Cléir Uidhist ann am Beinn-na-faodhla. Shaothraich e's an dùthaich sin an déidh an diadhair urram-

aich, Iain Mac Phàil. Lean soirbheachadh agus toileachadh e 'na shaothair agus 'na theaghlaich, agus is ann tre stiùireadh agus le cuideachadh na mna-usail a tha nis 'na bantraithe a chaidh an Talla feumail a tha mach á ceann eaglais Bheinn-na-faodhla a thogail. Dh' fhág e an dùthaich sin an 1910 gu bhi 'na mhinistir anns a' Mhanachainn, an siorramachd Rois, far an do rinn e obair mhaith fad fichead bliadhna. Bha e uasal 'na nàdur, taitneach a bhi 'na chuideachd, agus 'na theachdaire dileas an Tiomnaidh Nuaidh chum buannachd do mhóran. 'Se cuimhne agus ionradh maith a bhithseas air anns gach àite an do shaothraich e.

## Aig an Uinneig

### Iain R. Bannerman nach maireann

**T**HA e 'n a chall an iomadh dòigh gu'n tàinig a' chriochair mo sheana charaid, Iain Bannerman ; 'n a chall do na cairdean (agus is lionmhòr iad) a bhios 'ga ionndrainn ; 'n a chall do eaglais Chaluim-cille, an Glaschu, far an robh e 'n a fhoirbeach maith ; 'n a chall do Chéilidh nan Gàidheal, air an robh e 'n a fhear de na Cinn o thoiseach ; agus gu sònruichte do 'n Chomunn Ghàidhealach, d' an do rinn e seirbhis mhór fad iomadh bliadhna.

Ged nach robh sinn a' tachairt air a chéile ro thric o chionn bhliadhna an b' aithne dhomh Iain Bannerman gu maith, agus b'e an seòrsach eòlais a bha againn air a cheile, gu'm faodamaid töiseachadh a dh' aon ruith air bruidhinn far an do stad sinn an uair mu 'dheireadh a choinnich sinn, gun iùine a chosd ag iùrachadh ar n-eòlais air a chéile.

Bho chionn còrr agus deich bliadhna fichead chuir Iain Bannerman agus mise seachduin shona seachad còmhla anns a' Chrionan, a' luingearachd air an loch ann an geòla bhig, agus a' sealgaireachd ; agus air uairean a' dol a null gu Diùra. Annas na làithean ud cha robh e cho maith air Gàidhlig 's a bha e mu dheireadh, ach b'e an aon duine a bha ann o òige gu aois ; duine laghach, tûrail ; gun sglèapaireachd no meud-mhór ; gaolach air argumaid, agus réidh ciallach ann an argumaid ; fiosrach, agus geur, agus beò 'n a intinn, gun bhi 'n a sgoilear ; duine modhail, stuama, a bha a' toirt an aire air a ghnothuch fhéin, agus nach gabhadh iolla ri daoine eile, agus nach abradh dad ceàrr umpa.

Anns na bliadhna an mu dheireadh, an déidh dha a dhreuchd a leigheil dheth, bha làmh aige ann an iomadh gnothuch a bhuiheadh do thir agus do chainnt nan Gàidheal, agus bha a leithid a dh' earbsa aig daoine eile 'n a chomhairle agus 'n a għliċċas, 's gu robh àite aige daonna am measg na feedhnach a b' fhaide a stigh anns na cùisean sin. Bha e maith air

Gàidhlig, agus maith air ceòl ; agus ged nach 'eil eòlas air bith agamsa air eachdraidh dhiomh-air a' Chomuinn Ghàidhealaich, tha amharus agam nach robh duine eile anns a' Chomunn sin o chionn fichead bliadhna a rinn uiread oibre, no a thug uiread cuideacha dhò'n Rùn-chléreach, Niall Mac Gille Sheathanaich, ri Iain Bannerman, ach a mhàin, Calum Mac Leòid. Bu chòir do mhuinntir na Gàidhealtachd a bhi taingeil gu robh an Comunn Ghàidhealach, a tha nis cho follaiseach am fianuis na rioghachd uile, ann an tomhas mór air a stiùradh le dà dhuine cho glic agus cho ciallach ri Calum Mac Leòid agus Iain Bannerman. Chan abrainn gu robh aon de 'n dithis lainmireach 'n an inntinn os eionn chàich, ach bha iad seaghail agus glic, an comhairle, am facial, agus an gnìomh. Agus a thuilleadh air sin bha iad furasda a bhi suas riù ; cha do mhill na caithrìchean-àrda anns an do shuidh iad an irioslachd nàdurra a rugadh leò, is bha iad cho falamh de fhéin-ghlòir agus de fhaoin-uaill ri dà Ghàidheal a b' aithne dhomh riagh.

Ged nach bitheamaid a' tachairt air a chéile ach annamh bithidh mi 'g a ionndraim gu mór oir bha barrachd is meas agam air, is cha bu toigh leam riagh a bhi faicinn anns na paip-earan-naidheachd gu'm b' athair e do Iain Og, mar gu'm b'e am mac a bu chliùtiche na'n t-athair. Ach is maith a dh' éireas do Iain Og anns an t-saoghal so ma gheibh e gu bràth clùi as àirde na gu'm bu mhac athar e.

### Calum Mac Leòid

Bha e 'n am inntinn a dheanamh roimh so, ach dhìchúimhnich mi, mo bheannachd féin agus beannachd ar luchd-leughaidh a thairginn do Chalum Mac Leòid, air dha a bhi air a dheanamh 'n a bhuirdeasach saor am baile Steòrnabhagh. Chan 'eil mi cinnteach ciod a tha sin a' ciallachadh, co dhiubh a gheibh e air tir gun sgillinnean a phàidheadh air a' cheithe, no dh'fhaodas e a dhinnear a ghabhail còmhla ris

a' Phrobhaist uair sam bith a thoilicheas e, ach ciod air bith na còraichean no na sochairean a bhuineas dha, thngadh dha saorsa a' bhaile a chionn gu'm bu mhaith le seanairean agus le muinntir a' bhaile an t-urram a b' àirdé a b' urrainn dhaibh a thoirt seachad a thoirt dha.

Tha e 'n a fhoirbheach ann an té de na h-eaglaisean Gàidhlig a tha an Glaschu, agus am measg gach rud maith agus rud glic eile a rinn e riamh, thòisich e, is lean e fad iomadh bliadhna, air dol do Chéilidh nan Gaidheal, an Glaschu, air oidhche Shathurna. Chan 'eil teagamh nach robh fhios aige gu maith gu 'n saoileadh cuid d'a luchd-dùthcha nach robh e freagarrach do fhoirbheach a bhi air cheann nithean diomhain agus saoghalta (mar theireadh iad), ach leig Calum Mac Leòid le comhairle a chridhe féin seasamh, is lean e air dol do'n Chéilidh, a chionn gu robh e na b' fheàrr do Ghàidheil òga anns a' bhaile-mhór a chéile a choineachadh aig a' chéilidh na air na sràidean, no ann an àite eile. Chan ann le teicheadh air falbh o'n t-saoghal a gheibhearr buaidh air an t-saoghal, ach le companas agus còmhdailean an t-saoghal a dheanamh glan agus neochiontach. Bha e 'na bhuannachd mhór duine cho glic agus cho faiceallach ri Calum Mac Leòid a bhi air cheann nan coinneamhan Sathurna ud; a' fosgladh na coinnimh le urningh, agus a' toirt an aire gu'm biodh gach ni air a dheanamh gu riaghailteach agus gu modhail, gun fhacal ceàrr no salach. Ma tha e ceàrr do neach a tha ag aideachadh diadhaidh-

eachd éisdeachd ri òran, no òran a sheinn, éisdeachd ri dibhearsain shaoghalta, no dibhearsain shaoghalta a labhairt, tha na gàrraidhean crìche air an atharrachadh seach mar a thog Criosd iad. Ged nach ann de 'n t-seòrsa a bhios a' strì, no a' glaodhach, no a' togail suas an gutha mar ghàll-truimp a tha Calum Mac Leòid, 'n a dhòigh réidh, chiallach féin, rinn e barrachd na rinn foirbheach eile as aithne dhomh gu bhi a' briseadh sìos seana bhallaean a thogadh gun aobhar eadar an eaglais agus an saoghal. Agus ged nach deanadh e riamh ach sin fhéin, bu mhaith an oibar e; is maith gu'n nochdadh foirbheach do dhaoine òga nach 'eil cròn no peacadh ann an òran, no céil, no caidreamh is abhacas laghach, ma tha iad fhéin agus an companaich glan agus uasal. Chan e na nithean sin a thrualeas an eridhe, ach droch smuaintean agus uabhar spioradail, a dh' fhaodas a bhi ann an eridheachan dhaoine nach rachadh gu Mòd no gu coinneamh-chiùl air son na chunnaic iad riamh.

Tha Calum Mac Leòid 'n a charaid maith do 'n Ghàidhlig; 'n a charaíd maith do mhuinnitir Leòdhais; ach na's fheàrr na sin air fad, tha e 'n a fhoirbheach glic agus tuigseach a rinn Slighe na beatha na bu réidhe do iomadh duine òg as a' Ghàidhealtachd le bhi a' nochdadh dhaibh 'n a bheatha fhéin gu'm faod Criosduidh an saoghal uisneachadh gun bhi air a shalachadh leis. Sin an t-aobhar gu bheil mi 'ga ainmeachadh le urram air an duilleig so.

## Ierusalem

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUIIN, PH.D., AN CILL-MO-NAOMHAIG

*"Bha aoibhneas orm trath thubhaint iad  
Gu tigh Dhe théid sinn suas;  
A' d' dhorsaibh, O Ierusalem,  
Ar cosa seasaidh fòs."*

SALM. CXXII.

BHA aoibhneas ormsa cuideachd a' dol suas as an Eiphit do Iudea. Chan fhaod gu'n do dhlùthachd duine riamh air son na ceud uaire ri baile Ierusealm, duine d'am b' aithne dad idir m'a dhéighinn, gun a spiorad a bhi air a bhrosnuchadh mar le seòrsa de fhiabhrus. Ged nach biodh aobhar eile dha sin ach gu'n do sheas Ierusalem o làithibh Dhaibhidh gus a nis, bu leòir e; oir chaidh tonnan eachdraidh an t-saoghal thairis air, agus dh' fhuiling e gach call, uamhas, agus sgrios, is urrainn tachairt aig làmhaibh dhaoine. Cha mhór gu robh rioghachd chumhachdach anns an t-seann t-saoghal nach do ghabh gnothuch ris, 'g a bhagradh no 'g a léireadh air dhòigh éigin,—Assiria, Bàbilon, Persia, an Eiphit, a' Ghréig, agus an Ròimh; agus 'n an déidh-san, Arabia agus an Tuirc.

Anns a' cheud linn Chriosduidh anns a' bhliadhna 70, mar a tha fhios aig na h-uile, chuir na Ròmanaich 'na sbruileach buileach e. Loisg iad teampull maiseach Heroid a dh' ionnsuidh an làir; agus dh' fhuadaich iad na chaidh as de 'n t-sluagh o ghort is o'n chlaidheamh, gu trìbh céin.

### Am baile ùr

Ach 'n a dhéidh sin, cò a thòisich ach na Ròmanaich féin air baile ùr a thogail air an t-seann làraich. Tha e soilleir nach d' atharrach iad ann an tomhas mór suidheachadh a' bhaile, ged a rinn iad na b' fhàrsuinge e, agus ged a thàinig iomadh caochladh air, agus ged a dh' fhuiling e iomadh teamtachd is séiseadh ann an cursa nan ginealach, cha d'

fhálamhaicheadh e tuilleadh ; agus ged a leagadh is a thogadh na ballachan móra a tha 'ga chrioslachadh iomadh uair uaith sud, tha e an diugh gu dionach, daingeann, mar a bha e o chian ; agus tha barrachd Iudhach an còmh-nuidh ann na tha de chinneach eile, ged a tha Arabianaich, Sirianaich, agus Turcaich, glé lion-mhor ann. Mar sin, tha Ierusalem 'n a mhior-bhul ann am freasdal Dhe, mar bhàirnich ghlaibh a' greumachadh air gualann an t-sléibhe, air dùlain a thoirt do gach sruth is séideadh a dh' fhuing e o latha Dhaibhidh gus an diugh. Ma dh' fhaodta nach 'eil cár 'n a eachdraidh as neònáiche na gur ann aig Breatunn a tha uach-dranachd na dùthcha gu léir ; agus gur e Gàidheal is àrd-riaghlaidair ann an Ierusalem.

### Feadh nan ginealach

Ach ma tha naidheachd a' bhaile so iongan-tach is gluasadach mar naidheachd, tha aobhar as eudthromaire 'ga deanamh sònruichte anns an t-saoghal, 'se sin, na tha ceangailte ri Ierusalem de dh' aobhar Dhè ann am beatha a' chinneadaonna. O'n latha air an do choisrigeadh teampull Sholaimh 'n a mheadhon gus a nis, tha e a' seasamh seach uile bhailean an t-saoghal, air son taobb spioradail beatha mhic an duine ; air son eòlais is aoraidh an aoin Dé bheò is fhìor ; agus air son tighdarras an Righ shiorruidh thairis air na h-uile. Fadhon mu'n do thogadh teampull ann, bha Melchisedec 'n a righ ann, agus tha e soillein gu robh freumh na diadhachd 'n a bheatha ; agus an diugh, is ann air rùn-diomhair nà diadhachd a dh' fhoillsieachd anns an fhèoil a tha e uidhichte na's cinniche na air a' chreig air am bheil a stéidh. Feadh nan ginealach fad na h-aimsir mhór sin, tha ainnm a' bhaile nd a' cùr nan uile an cuimhne air na nithean a bhuineas do rioghachd Dhé, d' an sith féin, is d' am beatha shiorruidh. B'e sud baile nam faidhean, a thog fianuis o linn gu linn air gairm Dhé do dhaoine, is air lagh na fireantachd ; far mar an ceudna an d' fhuing iad tair is fuath, agus euid dhuibh am bàs, air son an dilseachd ; gus mu dheireadh an do sheulaich neach a bu mhotha na iadsan 'fhanuis le 'fhuil anns a' chùis cheudna. Is e an clù so a bhuineas do Ierusalem a tha a' tarruig dhaoine as gach ceàrn de 'n t-saoghal 'g a thadhall.

### Cridheachan cruaidh

Ma bha ni-eigin dheth so uile a' gleusadh mo spioraid air an t-slighe, feumaidh mi aideachadh, ciamar sam bith a thachair do dhaoine eile, gu'n d' thàinig atharrachadh nach bu bheag air m' fhaireachduinnean, an uair a chunnaic mi gu h-obann faobhar a' bhalla ghlaibh anns an astar, agus mullaich chruinn a chuid eaglaisean. Tha na h-uiread de thogalaichean

móra, tha eadhon sràidean, taobh a muigh an t-seann bhaile ; ach is ann air an t-seann bhaile a tha sìil nan uile. Is e seòrsa de fhiamh is de sgàthachd a thàinig thairis orm, a' faicinn 'aghaidh cho cruaidh, teann, lachdunn, is oir a' bhalla cho geur a' gearradh na speur, air bràighe an t-sléibhe rùisgte, riabhaich. Air leam gu'n robh dùlain is danarrachd, bréine is searbhadas ann an cumadh is ann an snuadh odhar a' ghàraidh ud. Ged a chuimhnich mi air laoidh-ean aoibhneach an luchd-turuis a' direadh gu Sion a choimhead làithean féill, cha togadh mo chridhe ; oir bha cuimhneachan eile a' strìrium, is a' fuarachadh m' aignidhean, eadhon searbhadas a bhaile ud ris an t-Slànuighear bheannaichte, agus an gniomh aognuidh leis an do bhuin e Ris-san mu dheireadh. Ged a bha guth a' cagarsaich rium gu'm bu chòir dhomh a bhi sona, a' tighinn dlùth do 'n dearbh àite anns an d' fhoillsieachd gràs an Fhir-shaoraidh gu sònruichte, agus gràdh Dhè do pheacaich, agus comh-chomunn an Spioraid ann an cumhachd latha na Cuingis, cha robh e 'n am chomas eisdeachd ris ; oir bha taobh eile na cuise air mo bhualadh,—an spiorad eudmhòr, breun, naimhdeil a choinnich ri Criod an sud ; uamhas agus cionta nan iarrtasan agus nam faireachduinnean nach gabhadh riarrachadh ach le pian is peanais a' bhàis a leagadh air Mac gràsmhòr Dhé ; dorchadas agus cumhachd na h-aingidheachd a bhuineas dhuinn uile, agus a lot an Tighearna gu bàs : laigh so uile orm, agus thosdaich e mo chòmhchradh.

### Làrach an teampuill

Ach a dh' aindeoin sin uile, thug e sàsachadh do iarrtas a tha ann an eridhe gach Crioduidh a bhi ag amharc air na dearbh àitean anns an d'imich, an do theagaisg, agus an d'fhuing Criod. Chaidh sinn an toiseach a shealltuinn làrach an Teampuill,—còmhnhard farsuing, lom, còmhdaichte le cabhsair. Air aon taobh dheth, tha eaglais mhór, bhriagh, Mhahometanach, togta nu'n chreig air an robh altair an teampuill. Chithear nullach cruinn na h-eaglaise so air astar mór ; agus 'na broinn, tha maise oirre a tha ainmeil feadh an t-saoghal. An déidh Mhecca, is e so an t-ionad as naoimhe anns an t-saoghal leis na Mahometanaich. Air an taobh eile, tha eaglais eile a bhuineas dhaibh-san cuideachd. Tha an còrr de 'n làrach falamh, agus cho réidh ri bòrd. Cha robh e duilich do'n inntinn dol air ais troimh na linn-tean, agus a bhi a' faicinn Chriosd maille r'a dheisciobuil anns a' chùirt ud, a' sràidimeachd, no a' searmonachadh ri aghaidh cruinmeachaibh móir sluaigh, no a' sgiùrsadh roimhe an luchdtrogain a bha a' nù-naomhachadh tigh-aoraidh Dhè.

(*Ri leantuinn*)



## A' Bhliadhna Ur

*"Air a' cheud là de 'n t-seachduin.—MATA xxviii. 1.*

**T**HEAGAMH gu'm b' fheàrr le cuid de dhaoine a' bhliadhna'-ur a bhi tuiteam air là eile de 'n t-seachduin seach air là an Tighearna, dìreach mar a bhos clann ghòrach 'g an gearan féin m'a ann aig àm comanachaidh a tha iad a' faotainn làithean-saor, nò a tha co-aïnm an là-breith a' tuiteam. Ach ciod an t-àite eile as freagarracha do dhaoine turail a bhi ann air maduinn na bliadhna'-uire na ann an tigh an Tighearna, far an do gheall Dia coinneachadh ri shluagh. "Agus coinnichidh mise thu an sin, agus labhraidh mi riut o uachdar na cathair-thròcar." "Tha sibh uile 'n 'ur seasamh an diugh an làthair Ichobhah bhur Dia, bhur sean-airean, agus bhur luchd-dreuchd, bhur clann agus bhur mnathan."

An àite e bhi 'na aobhar-gearain no 'na uallach tha e 'n a aobhar-taingealachd cothrom a bhi agaínn ar bòidean iocadh do Dha agus a bheannachd iarraidh m' an cuir sinn ar làmh ann an car a bhuineas do'n t-saoghal air a' bhliadhna so. "Naonhaichibh sibh féin air cheann an lá màireach."

Uair a thadhail Hoffman, fear-ealadhain ainmeil as a' Ghearmailt, air a' Mhorair Kelvin, fear-ealadhain cho ainmeil ris féin, air maduinn na Sàbaid, an Glaschu, thubhairt an t-searbhanta a dh' fhosgail an dorus ris nach robh Kelvin aig an tigh. "An innis thu dhomh," ars esan, "c' àite am faigh mi e?" "Tha e," ars ise, "anns an eaglais, far an còir do dhaoine a bhith air là na Sàbaid." Bha an t-Sàbaid air a coimhead ann an Glaschu anns na làithean ud.

Air cho bochd no cho fuar 's 'g am faod aoradh na h-eaglais a bhith, is e an eaglais tigh an Tighearna far a bheil ainn an Tighearna air aideachadh agus air a bheannachadh. Fhacal air a leughadh, agus ùrnughean air an taigtsinn 'n a làthair. Tha gu leoár a dh' àitean eile ann far am bi daoine a' malairt còmhla, no a' cluich còmhla, no ag iteadh agus ag òl còmhla, no a' deanamh fichead rud eile còmhla, ach is e an eaglais an aon àite anns am bi daoine ag ùrnughean còmhla, is tha e cho nàdurra agus cho feumail do dhaoine ùrnughean a deanamh còmhla 's a tha e nàdurra agus feumail dhaibh a bhi ag obair còmhla. "A Thighearna, is ionnuinn leam còmhnuidh do theach-sa, agus ionad pàilliuin do ghlòire." Cha b' aithnè dhomh duine diadhaidh riagh aig nach robh gaol air tigh Dhe agus air falcal Dhe.

Thug Dia fhacal dhuinn gu bhi an dà chuid

'n a bhiadh agus 'n a shiol-cuir, agus mar sin bu mhaith leam air a' cheud là de'n bhliadhna ùir so bascaid a chur air beulaibh ar luchd-leughaidh air an duilleig so, air a lionadh le biadh blasta á facal an Tighearna, biadh a bheathaicheas an t-anam.

Mar is sine tha mi a fas is ann is cinntiche mi gu bheil eífeachd agus beatha agus cumhachd ann am falal an Tighearna nach fhaighear ann an àite air bith eile, agus nach 'eil doigh as fheàrr air sinn féin uidheamachadh air son obair agus trioblaidean an t-saogail na falal Dhe a bhi air ar meomhair agus 'n ar cridhe. Chan urrainn Dia labhairt ruinn mur bheil litir an fhacal cheana 'n ar cridheachan; sin an t-aobhar gu bheil móran dhaoine ann ris nach 'eil Dia a' labhairt idir. Chan 'eil am falal 'n an inntinnean, air chor agus nach urrainn an Spiorad Naomh oibreachadh anna. Sin aon de na peasanan a tha a' leantuinn an dearmaid a tha daoine a' deanamh air a' Bhiobull. Tha gealladh anns a' Bhiobull air son a h-uile là anns a' bhliadhna, agus mur bheil creidmhach a' tagar nam geallaidhean sin, tha iad a' leigeil a dholaidh páirt phriseil de'n oighreachd a thug Dia dhaibh ann an Criosd.

*Is e an Dia bith-bhuan do theàrmunn, agus fodha tha na gàirdeanan siorruidh.—DEUT. xxxii. 27.*

*Cha spòn neach air bith as mo làimh iad.—EIN X. 28.*

*Ma tha Dia leinn co dh' fhaodas a bhi 'n ar n-aghaidh.—ROMAN. viii. 31.*

*Ann an sè teannlachdaibh saoraidh e thu, seadh ann an seachd, cha bhean olc dhuit.—IOB v. 19.*

*Nach 'eil e a' faicinn mo shlighean, agus agaireamh mo cheuman gu léir.—IOB xxxi. 4.*

*Tha gàirdeachas an nèamh air son aon pheacach a ni aithreachas.—LUCAS xv. 7.*

*Tha mi a' dol a dh' ullachadh àite dhuibh.—EIN XIV. 2.*

*Chuala an Tighearna guth mo chaoidh.—SALM vi. 8.*

*An uair a thubhairt mi, Tha mo chas air steamh-nachadh bhuan, chum do thròcar, a Thighearna, suas mi.—SALM xciv. 18.*

*Air bhur coimhead le cumhachd Dhe tre chreid-eamh chum sláinte.—I PEADAR i. 5.*

*Dhealbh do làmhan mi.—SALM cxix. 78.*

Dhaibhsan a ni greim air mo choimh-cheangal bheir mi ainm as fheàrr na ainm mhac agus nigh-ean, ainm siorrhuidh bheir mi dhaibh nach gearras.—ISAIAH lvi. 5.

\* \* \* \* \*

Tha Pol ag ràdh gu bheil iomadh guth anns an t-saoghal, agus nach 'eil a h-aon dhiubh gun bhlagh, ach glé thric chan 'eil sinne a' tuiginn brigh nan guthan leis a bheil Dia a' labhairt ruinn. Tha e a' lathaирt ruinn le geallaidean agus rabhaidhean Fhacail, le urninghean nan

naomh agus nan ainglean, le eadar-ghuidhe shiorruidh a mhic, agus leis an impidh a tha an Spiorad agus a' bhean nuadh-phòsda a' cur oirnn gun sgur, ag ràdh, "Thigibh." Ach air ceud là na bliadhna tha Dia a' labhairt ruinn eadhon na's sòluimte na air làithean eile, ag iarraidh oirnn gach ni a tha 'g ar cumail air ar n-ais anns a' bheatha dhiadhaidh a chur bhuainn, agus a ràdh le uile dhùrachd ar cridhe, "Air mo shon-su agus air son mo thighe ni sinn seirbhis do'n Tighearna." Bheireadh sin bliadhna mhaith dhuinn agus bliadhna shona.

## Ierusalem

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUIN, PH.D., AN CILL-MO-NAOMHAIG

*"Bha aoibhneas orm trath thubhairt iad  
Gu tigh Dhe théid sinn suas ;  
A' d' dhorsaibh, O Ierusalem,  
Ar cosa seasaidh fòs."*

(Air a leantuin)

SALM. cxxii.

AN sin, chaidh sinn a mach as a' bhaile a dh' Alfaicinn gàraidh Ghetsemane, a tha dlùth làimh, aig lochdar sliabh nan crann-oladh. Tha an lios fo chùram buidheann de mhanaich Fhrangach, aig a bheil mar an ceudna eaglais 'n a thaobh, a tha ag amharc ro mhór air son oisinn cho beag. Tha seachd no ochd de fhìor sheana chraobhan-oladh air feadh a' ghàrraidh, a tha móran a' creidsinn a bha ann ri latha Chriosd, cho maith ri preasan tlachdmhor is leabaidhean fhùlair air dheagh choimhead. Thàinig sàmhchair eadhon air an fhear-iùil, air dha ar treòrachadh a stigh do'n ionad choisrigte ud, anns an d' éirich osnaidhean goirt o chridhe brùite Chriosd, agus far mar an ceudna an do bhrath Iudas E le pòig : àite bòidheach, fois-neach, diomhair, ach a ruigeas an cridhe.

### An uaigh naomh.

Air pilltinn dhuinn do'n bhaile, chomharr-aicheadh dhuinn far an do liubhair Pilat Criosd thairis gu bhi air a cheusadh ; agus lean sinn an t-slighe chumhann, bhrònach gus an d' thàinig sinn gu dorus seann eaglais mhór ; oir, ma's fior an ràdh, tha an eaglais so a' còmh-dachadh a' chnuic air an do cheusadh Easan, cho maith ris an uaigh anns an d' adhlائقeadh E. B'e an t-Iompairé Constantine a chuir air bonn i anns a' cheathramh limn ; agus is cinnteach nach b' ann air thuaiream a shuidhicheadh i. Cha robh i briagha gu leòr leis na Crusàdaran, a thog as ùr i, agus a dh'atharrach gu mór i, ochd ceud bliadhna air ais. Tha còir aig na seann Eaglaisean Criosduidh uile,—Greugaich, Romanaich, Armenianach, Sirianaich, is Coptaich—air aoradh innte. Tha caibeil bheaga

aca dhaibh féin air a feadh. Cha bhi iad daonn-an a'còrdadh a thaobh nan crìochan ; ach is cuis-ionghnaidh cho ainneamh is a dh' éireas dragh eatorra.

### Aite a' cheusaидh

Ma ta, is i an eaglais ud ceann-uidhe gach Criosduidh a thadhlaileas Ierusalem. Air dhuinn dol a stigh, threòraicheadh sinn do 'n cheàrn dhi a tha thairis air Calbhari, gus an do stad sinn, an déidh staidhir ghoirid a dhìreadh, fa chomhair altrach de mharmor, le móran choimleán an lasadh oirre, a' comharrachadh àite a' cheusaïdh.

B' iad sud da-rìreadh na mionaidean a bu chùdthromaireach is a bu shòluimte d'ar beatha. Mar aon duine, thuit an comun air an glùinean, agus ann an tràm shàmhchair, rinn iad an urningh Ris-san a ghiulain air an làraich ud am peacanna—"E-fein 'n a chorp fèin air a chrann." Dhi-chuimhnich sinn na h-Iudhaich a rinn an gniomh searbh Ris, a' tuigsim ar páirt féin 'n an cionta, agus ar feum air maith-eanas Uain Dhe a tha a' toirt air falbh peacaidh an t-saoaghail.

Mu dheireadh dh' eirich sinn, is thionndaidh sinn air falbh le cinn chroma a' leantuin an fhir-iùil, a thug sinn do cheàrn eile de 'n eaglais, far a bheil An Uaigh Naomh. Amhul a leughar anns an t-Soisgeul, tha i gèarrta as a' chreig ; ann an ùrlar na h-eaglaise, agus togail de chloich shnайдhte os a cionn, le móran lòchran an crochadh laiste mu timchioll, is sagairtean an còmhnuidh 'g an cumail an òrdugh. Chan fhaigh a sios do'n uaigh aig aon àm ach dithis no triùir ; oir chan 'eil i ach sè troighean gu leth air fad, is sè troighean air leud.

### An uaigh fhalamh

Dh' fhairich mi mu dheireadh m' aoibhneas a' tighinn air ais ag amharc air uaigh an àigh ud, glan, geal, falamh. Chan ann air bàs ach air beatha is buaidh a tha i a' togail fianuis. An déidh tighinn a mach aisdé, is gann a b' urrainn sinn tighinn air falbh: sheas sinn a' geur aniharic air an àite a tha naomh is glòrmhor os cionn gach àite air thalamh; as an d' éirich Mac Dhè ann an cumhachd a dhiadhachd, a' toirt beatha agus neo-bhàsmhorachd gu solus. Bha òran molaidh a' seinn a rithist 'n am chridhe, agus dhi-chiuimhnich mi am fiamh mi-shuaimhneach a ghabh greim orm air dhomh mo cheud shealladh fhaotainn air Ierusalem.

Tha sliabh nan crann-oladh ag éirigh gu réidh, bòidheach, ceart làimh ris a' bhaile. Thogadhl tighean air pàirt dheth, agus tha an còrr lom gu leòir an diugh; oir gheàrr na Turcaich na craobhan air son connaidh d'an carbadan-slaodaidh an àm a' chogaidh mhóir. Tha mu thuaiream mìle de astar gu faobhar a' mhullaich, air a bheil togalaichean móra, 'n am measg Oil-thigh Iudhach. Chithear o'n mhullach a' mhuiр Mharbh, deich mile fishead anns an ear-dheas, agus beanntan Mhoab air an taobh thall dhi.

### Uamhan dorcha

Cha do shaoil mi gu'n robh ni air fhàgail ann an Ierusalem, a mach o làrach a' bhaile, aig a bheil ceangal ri àm Sholaimh Ach chan ann mar sin a tha; agus chaith sinn teann air uair de thim air feadh thallachan móra, dorcha shios fo 'n ghrunnd, a stigh fo 'n bhaile. Rinneadh na h-uamhan ud air tùs le gearradairean-chlach

air son an teampuill a thog Solamh. Cha chualas buille àird aig an togail, a chionn gu'n robh na clachan air an ullachadh far an d' fhuaireadh iad fo 'n talamh. Tha e coltach gu'n do leanadh air a' ghearradh-chlach air an do thoisich seirbhisich Sholaimh; oir tha far-sungeachd is àirde mhór anns na h-uamhan. Cha bhithdech dragh aig sluagh Ierusalem dion fhaotainn an diugh o mhilleirean an adhair: tha seileirean fo 'n casan a bheir aoidheachd dhoibh, agus air nach ruig slige-mortaidh.

### An eaglais ùr

Mu 'n dh' fhàg mi, cha do rinn mi dearmad air dol a dh'fhaicinn na h-eaglais againn fhéin, —eaglais an Naoimh Aindreas, agus an tigh-aoidheachd a tha r'a taobh. Bha moit nach bu bheag orm ag amharc air an aitreibh shimplidh, thlachdmhor ud, a bhuineas do Albainn, anns am bheil aoradh 'ga dheanamh gach Sàbaid a réir òrdugh Eaglais na h-Alba. Is ann de chloich mharmoir Eilein I a tha bòrd a' chomanachaидh innte, agus an t-ùrlar a tha foidhe. Am measg nan iomadh cuimhneachan a tha inntre air an fhuil Albannaich a dhòirteadh air son saorsa Ierusalem, tha leac de umha air a leagail anns an ùrlar air sgàth iarrtus an righ Raibert Brus gu'n rachadh a chridhe a thòidh-lacadh ann an Ierusalem, na'n gabhadh sin a dheanamh. Ged nach do ràinig cridhe an righ àite-tàimh a rùin, nach miòrbhuleach an dòigh anns a bheil a mhíann deireannach cho maith is air a choimhlionadh an déidh chòig ceud bliadhna?

Dh' fhàg mi Ierusalem a' toirt buidheachais gu'n do cheadaicheadh dhomh na làraichean naomha fhaicinn le 'm shùilean féin.

## Bunait Bhuan Dhé

LEIS AN URR. T. M. MAC CALMAIN, M.A., MINISTEAR EAGLAIS CHALUIM-CILLE, AN GOVAN

(Searmon a bha air a liubhairt an Eaglais na Exhibition, an Glaschu, air an 20mh de'n Damhar, 1938.)

"Tha bunait Dhé a' seasamh daingean."—2 TIM. ii. 19.

IS so an t-seirbhis Ghàidhlig mu dheireadh a bhitheas air a cumail anns an eaglais bhig àluinn so. Ann am beagan làithean bitidh an eaglais so, agus gach aitreabh eile 's an Fhéill Mhór so, dùinte agus glaiste, gun sluagh 'g an tadhail na 's mothà. Agus am beagan mhìosan chan fhàgar clach air muin cloiche; cha bhi maide ri maide. An àine gheàrr cuirear crioch, chan e a mhàin air na toglaichean so, ach mar an ceudna air gach gnìomhachas agus saothair, gach aighear agus gach co-chomunn, a bha an so rè an t-samhraidh.

Tha teagastg sólumte anns a' chùis so do gach neach a bheir fainear. Tha an Fhéill so 'n a foillseachadh air gnìomhachas na h-Impireachd

agus air ealantachd ar sluaigh. Ach tha an Fhéill cuideachd a' taisbeanadh cho neo-mhair-eannach agus cho caochlaideach agus a tha na nithean sin uile. Thairis air gach ni an so chithear sgàile na criche. Thig an latha gu luath anns an abair luchd-tadhail na páirce so, "B'e so an t-àite far an robh an Eaglais Bhàn, agus b'e so làrach a' Chlachain." Agus ri àine cha bhi cuimhne tuilleadh gu'n robh riagh eaglais, no clachan, no eadhon an Fhéill so, anns a' phàirce.

### Cànan ar gràidh

Tha cothrom sólasach againn an nochd ann a bhi a' cuairteachadh ar n-aoraidh ann an

càinain Tir nam Beann. Ach ged a bhithheadh creideamh Abrahaim againn, neach an aghaidh dòchais a chreid an dòchas, tha e doirbh do chuid againn an smuan a chumain bhuainn gu'n tig latha anns nach eluinnear tuilleadh càinair an gràidh, agus anns nach seinnear tuill-eadh na fuinn cheòlmhor so. Gu ma fada bhuainn an latha sin, ach thig e.

An uair a bheir sinn cuairt air feadh na Gàidhealtachd againn fhéin, chi sinn an sin na fàrdaichean 'n am fasaich far an d'araicheadh na seòid. Chi sinn

na tobhtaichean fuar  
Le buaghallan's cuiseag gu'm bàrr,  
'S an eanntagach ruadh  
Fas suas 's a' chagailt bha blàth.

Daoine a bha 'n an latha treun agus deanadach, àitean-còmhnuidh anns an robh gràdh agus cairdeas, dh'fhalbh iad uile. Agus mar a dh'fhalbh iad sin, mar sin siùblhaidh sinn uile an uair a thig an t-àm a chuireadh romhainn. Is caochlaideach agus neo-mhaireannach an duine air an talamh, agus is diombuan oibríchean a làimhe, eadhon na h-oibríchean sin a tha e aig amannaibh a' deanamh 'n an diathan dha fhéin.

### Thig erloch air an t-saoghal

Leugh eachdraidh a' chinne-daoine agus cuimhnich air làraichean briste Ninebhe agus Bhabiloin. Glòr na Gréige agus ard-cheannas na Ròimhe,—chaidh iad le chéile seachad. Leugh bàrdachd cinnich sam bith, agus gu sònruichte bàrdachd ar sluaigh féin, agus gabh beachd air an tiamhaidheachd agus an dubhachas a tha air a dhùsgadh le bhi toirt fainear neo-mhaireannachd an t-saoghal agus giorrat ar latha. Thoir sùil mu'n cuairt agus chi thu gur feur gach feòil 's gur diomhanas gach ni. Thoir làmh air an Sgriobtura Naomh agus gheibhear an sin an dearbh ni. Tha daoine air am fuadach air falbh mar le sruth. Tha sinn a' caitheamh ar bliadhnhachan mar sgeul a dh'innseadh. Bunaitean na talmhainn agus na nèamhan, ged is iad obair làmh an Tighearna, theid as dhoibh. Fàsaidh iad uile sean mar eudach agus mar thrusgan paisgear suas iad. "A shaoghal, is diombuan do mhùirn!" Ach na'm b'e so uile na tha ri ràdh b'fheàrr fuireach sàmhach. Tha ni eile ri ràdh, ni dòchasach, ni beannachte, agus a chionn 's gu'm bheil, faodidh òran a bhi air ar bilean eadhon am measg caochlaideach agus atharraichean na beatha.

### Am baile a mhaireas

Tha caochlaideachd agus neo-mhaireannachd co-cheangailte ris na nithean a chithear, ach tha nithean ann a mhaireas, nithean nach gabh crathadh no atharrachadh, nithean a sheasas

daingean. Mur 'eil againn an so baile a mhaireas, faodaidh sùil a bhi againn ri baile eile, baile siorruidh Dhé far am bheil àite air ullachadh dhuinn uile, a bhitheas gu bràth falamh mur an lion sinne e. Tha e fior nach 'eil sinn ach 'n ar coigrich agus 'n ar luchd-cuairt air an talamh mar a bha ar n-athraichean romhainn, a' gabhail còmhnuidh ann am pàlliunnibh fann neo-sheasmhach a tha air an luasgadh le gaoith agus air am milleadh le stoirm. Ach faodaidh sùil a bhi againn ri baile aig am bheil bunaitean air am bheil Dia 'n a fhear-dealbhaidh agus 'n a fhéar-togail. Chan 'eil n• bunaitean a leiges a daoine ach mar a tha bunaitean agus ballaichean na Féile so; an tìne ghoirid tha iad 'n am fàrdaichean fuar agus 'n an làraichean briste. Ach tha bunait Dhé a' seasamh daingean.

"Sgoailear o chéile na nèamhan mar dheat-aich agus fasaidh an talamh sean mar thrusgan, agus bàsaichidh a luchd-àiteachaidh mar an ceudna, ach mairidh mo shláinte-sa gu siorruidh agus cha teid m'fhireantachd air cùl." "Is feur gach uile fheòil, agus tha a h-òirdhearcas uile mar bhlàth na machrach. Tha am feur a' seargadh, am blàth a' crionadh, ach seasaidh facal ar Dé-ne gu siorruidh." "Théid nèamh agus talamh seachad," arsa Criod, "ach cha téid m'fhacal-sa seachad a chaoidh." "Siùblhaidh an saoghal seachad agus ana-miann, ach an ti a ni toil Dhé mairidh e chaoidh."

### Taic ar n-anma

Mar sin, air dhuinn bhi toirt fainear cho diombuan agus a tha gach ni faicsinneach, agus cia anmhunn geàrr ar ré, leigeamaid taic ar n-anma air na nithean sin a sheasas daingean, na nithean a tha maireannach agus siorruidh, eadhon an Tighearna Dia agus 'fhireantachd, 'fhirinn agus a thoil, a choibhneas agus coimhcheangal a shith, agus an tioldhlaic do-labhairt a thug e dhuinn, Iosa Criod, an Ti ceudna an dé agus an diugh agus gu siorruidh, an Ti sin a tha ag ràdh r'a luchd-leanmuinn fhéin," "Do bhrigh gu'm bheil mise beò, bithidh sibh-se beò mar an ceudna." Cha bhuin maireannachd do neach no do ni sam bith ach a mhàin do'n neach aig am bheil dàimh tre chreideamh ris an Ti a tha siorruidh.

Ach, anns a' cho-dhunadh, bu chòir ni eile a thugisinn. Ged nach 'eil na nithean a chithear ach neo-mhaireannach agus geàrr-shaoghalach, chan fhaod sinn uime sin dearmad a dheanamh orra. Chan'eil giorrat ar latha 'n a lethsgul gu bhi pasgadh ar làmhan an diomhanas; agus chan'eil neo-sheasmhachd na chi sinn agus na ni sinn 'n a aobhar gu bhi fàs sgith ann am maith a dheanamh. Is ann bu chòir dhuinn a bhi air ar brosnuchadh gu barrachd dichill, gu bhi saothrachadh am feadh 's a tha an cothrom againn. Chan'eil an dealan-dé ri mire ach fad

aon latha goirid samhraidh, ach a dh'aindeoin giorrad a bheatha tha e a' comhlionadh na h-oibre a dh'earbadh ris anns a' chruthachadh nàdurrá. Is geàrr beatha an t-seangain, ach a dh'aindeoin sin is gniomhach agus dichiollach an creutair esan. Tha am feur agus na flúraichean a dh'éireas suas agus a sheargas as cho luath a' deanamh am feum féin anns an t-saoghal.

### An toradh cinnteach

Ged nach do mhair an Fhéill so ach ùine ghoirid, choimhlion i, tha sinn an dòchas, rùn na muintir sin a chuir air adhart i. Agus ged a bhithreas a' phàire so air a fàgail falamh, leanaidh toradh air chor-eigin air saothair na Féille. Chan'eil Impireachd, no rioghachd, no sluagh, a thog ceann an eachdraidh, ged a chaidh iad as ri tide, nach do choimhlion páirt air chor-eigin chum leas a' chinne-daoine agus nach do lion an àite féin ann an rùntean an Dé sin a tha toirt eadhon air fearg dhaoine a bhi 'g a mholadh. Chan'eil ni sam bith air a chall ged a theid e as an t-sealladh. Gach

sìolair beag a thuiteas anns an talamh, ged bhàsaicheas e, gidheadh giùlanaidh e toradh. Gach ùrnuiigh bhriste, gach deur comh-fhair-eachail, gach iarrtus uasal, gach dùrachd chàirdil, gach oidhrip dhichiollach, gach facal coibhneil, gach deagh rùn a fhuaire briseadh-dùil, agus gach saothair mhath a dh'fhàilнич, agus gach beatha mhaiseach a ghearradh as—neo-mhaireannach 's gu'm faod iad a bhi, agus a dh'aindeoin gach dearmaid a rinneadh orra, cha bhi iad gun tairbhe air a' cheann thall. "Bithidh iad agam-sa," tha Tighearna nan sluagh ag radh, "anns an latha sin anns an dean mi suas mo sheudan."

Uime sin, air dhuinn a bhi tuigsinn nach'eil anns an t-saoghal neo-mhaireannach so ach staran thar abhainn nam bliadhnaichean a dh'ionnsuidh baile siorruidh Dhé, tasgamaid suas dhuinn féin deagh bhunait fa chomhair an ama ri teachd chum gu'n dean sinn greim air a' bheatha mhaireannaich. Ma tha caochlaideachd nán nithean a chithear a' teagastg dhuinn ar làithean àireamh, is ann a chum's gu'n socrach sinn ar eridheachan air gliocas.

## An Dòigh cheàrr agus an dòigh cheart

LE LATIMER MAC AONGHUIS, AN CEANN LOCH

**B**HA mi a' bruidhinn an là roimhe ri mo charaid Iain Mac Aoidh, agus dh' innis e dhomh sgeul bheag. An uair a bha e 'na dhuine òg bha e 'na chlachair, ged a tha e a nis 'na ghàirineilar. Aig an àm sin bha an Eaglais Stéidhichte a' faotainn òrgain, agus bha Iain a' togail tighe bhig aig cùl na h-eaglais, a dhèanamh àite far am bitheadh an t-òrgan air a chur a stigh.

Di-Sathuirne bha an obair faisg air a bhi criochnaichte, agus bha Iain a' dol a stad mar a b' àbhaist, aig meadhon-latha. Bha sùil aca ris an òrgan leis a' bhàta-smùid Di-luain. Mu dheich uairean anns a' mhaduinn chaidh fear de na foirfach suas, agus thuirt e ri Iain : "Tha an t-òrgan a' tighinn a stigh Di-luain, agus feumaidh thu leantuinn air obair agus criochnachadh an nochd."

"Cha chuirinn de dhragh orm fhéin," ars' Iain. "Stadaidh mi aig an àm àbhaisteach."

Dh' fhalbh am fairfeach agus droch ghearr air. Ann an ùine ghoirid ràinig fear eile e, agus thuirt e mar thuirt a' cheud fhear.

"A Mhic Aoidh, feumaidh thu do ghothuch a chriochnachadh an nochd, oir tha an t-òrgan a' tighinn leis a' bhàta-smùid Di-luain."

"So am fear nach criochnaich," ars' Iain.

"Théid an t-òrd as mo làimh aig meadhon-là."

Dh' fhalbh an dara fairfeach, a' gearan gu goirt. Mionaid no dhà 'na dhéidh sin, suas thàinig Ruairidh Mór, fairfeach eile, agus fearg air.

"Dé so a tha mi a' cluinniinn, A Mhic Aoidh? Tha an t-òrgan a' tighinn a stigh Di-luain, agus feumaidh thu an obair a chriochnachadh an nochd. Feumaidh thu cumail ort."

Thachair do Ruairidh Mór direach mar a thachair d' a chompanaich.

"S mise nach dèan sin," ars' Iain, agus e na bu rag-mhúinealaiche na bha e riamh, "Stadaidh mi aig an àm àbhaisteach."

Cha robh aig Ruairidh ach a bhi falbh mar a thàinig e.

\* \* \* \* \*

Mu leth uair an déidh so thàinig am minister, a' spaisdearachd a nuas. "Là math, Iain," thuirt e : "Ciamar a tha gnothuichean a' dol air aghaidh?"

"Chan'eil iad cho dona," ars' Iain.

"Tha mi a' faicinn sin," ars' am minister. "Is sibhse a tha ag oibreachadh gu math agus a' deanamh gnothuich gasda. Tha an t-òrgan a' tighinn a stigh Di-luain agus bhithinn fada 'n ur comain na'm b' urrainn dhuibh an obair a chriochnachadh an nochd. An dèan sibh sin mar fhàbhar?"

"Is mise a ni sin gu toileach," ars' Iain : "Ach ma tha mi ri chriochnachadh an nochd tha dhìth orm Lachie Mac Phater is dà oibrich eile 'g am chuideachadh. Théid mi sios do 'n t-sràid mhóir far am bheil iad ag oibreachadh."

" Fanaibh far a bheil sibh," ars' am ministear : " théid mise mi-fhéin sios, agus cuiridh mi nuas Lachie agus an dà obriche."

Mionaid no dhà 'na dheidh sin chaidh Lachie suas le dithis luchd-obrach, agus chaidh na ceithir daoine ris an obair mar laoich. Mu chòig uairean 's an fheasgar thàinig am ministear a nuas a rithis, agus chuir e deich tasdain ann an làimh Iain gun fhios do chàch, a' cagar 'na chluais : " So dhuibh ; fliuchidh so bhur feadag."

Thug Iain leth-chrùn do Lachie, ach leis gu'n robh an dithis oibriche 'n am pòitearan, agus fios aig Iain na 'n tugadh e leth-chrùn dhaibh nach fhaiceadh e iad a rithis an oidhche sin, nuair a thàinig an trath-fheasgair, chaidh e maille riù a sios do' n bhaile, agus an uair a bha iad a' dol seachad air bùth Mhaighstir Mhic Conneill, am feòladair, chuir Iain leth-chrùn ann an làimh gach fir dhiubh, ag ràdh : " So dhuibh leth-chrùn bho 'n mhiniesteir, agus thèid sibh a steach do 'n bhùth aig Maighstir Mac ConNeill, agus ceannachidh sibh feoil air son 'ur dinneir am màireach."

Air dhaibh sin a chluaintinn chaidh an dà

phòiteir a steach do 'n bhùth, agus cheannaich iad an dinneir gun ghuth mó, gun droch fhacal.

An déidh an tea a ghabhail thàinig iad air an ais agus dh' oibrich a cheithir gus an robh an gnothuch air a chrìochnachadh, direach mar a bha clog mó a bhaile a' bualadh meadhonoidhche.

Thachair Ruairidh Mór Di-luain air Iain, agus thuirt e ris, " Nach sibhse an duine gasda ! Dh' oibrich sibh Di-Sathuirne air son a' Mhinisteir, ach chan oibriceadh sibh air mo shon-sa no air son an còrr de na foirfich. Car son sin ? "

" Ma ta," ars' Iain, " innsidh mi sin dhuibh ann an aon fhacal ; b'e duine-usal a bha anns a' mhiniesteir, ach cha robh thusa agus na foirfich eile 'n 'ur daoin-uaisle idir. Thuirt sibh uile ' Feumaidh tu, feumaidh tu cumail ort ' ; ach is e, ' Bhithinn fada 'n 'ur comain,' a thuirt an duine-usal sin, am ministear. Cuir sin 'n ad phiob agus smog e."

(*Chan abair mise nach bu duin-usal am ministear, ach chan abrainn gur rud glic e deich tasdain a thoirt do cheathair dhaoine a Ceann-Loch, a' fliuchadh am feadaig.—Am Fear-deasachaidh.*)

## Anns a' Chathair

EILEAN GUN AINM,  
20mh là de November, 1938.

**B**HITHINN fada 'n 'ur comain na'n tugadh sibh dhomh freagairt do cheist a tha gu tric 'n am inntinn o' chionn bhiadh-nachan. Ged nach 'eil mi 'n am fhear-aideachaidh tha mi a' dol do'n eaglais a h-uile Sàbaid ; air uairean air dà cheann an là. Ach ged tha mi a' dol do'n eaglais o bha mi 'n am bhalach òg dh' fhairstlich e orm a thuiginn fhathast ciod a tha an eaglais a' ciallachadh leis an t-soisgeul. Bithidh mi a' cluinninn mhiniestearan agus cheistearan a' bruidhinn mu *dheagh sgeul* an t-soisgeil, agus ag iarraidh oirnn an deagh sgeul sin a chreidsinn, chum 's gu'm bi sinn air ar teàrnadh, ach chan 'eil gin aca a' feuchainn ri dheanamh soilleir dhuinn ciod a tha iad a' ciallachadh le deagh sgeul an t-soisgeil. A thuilleadh air sin cha bhi iad a' cleachdadadh an fhacail *soisgeul* anns an aon seagh daonnan, air chor agus gu bheil mise, agus theagamh daoine eile cuideachd, mar daoine ann an ceò.

" Air uairean saoilidh mi gur e *teagasc Chriosd* mu *Dhia agus mu'n bheatha shona agus dhiadhaidh* a tha iad a' ciallachadh le deagh sgeul an t-soisgeil ; air uairean eile saoilidh mi gur e *teagasc nan abstol* mu *Chriosd*, agus gu sòn-raichte m'a bhàs air Calbhari, a tha iad a' ciallachadh ; ach a ris saoilidh mi gur e am foillseachadh agus an dearbhachd a tha aig creidmhich 'n an cridheachan féin o'n Spiorad

Naomh a tha iad a' ciallachadh. Mar sin tha mi air m'fhàgail gun fhios agam co ris a sheallas mi. An ann ri Iosa, am fear-teagaisg, no an ann ri Criod air a cheusadh, no an ann ris a' Chriosd a bhios beò gu siorruidh tre oibreachadh a spioraid ?

" An tùs mo bheatha bhithinn a' cluinninn mhiniestearan a' searmonachadh a h-uile Sàbaid mu innleachd na slàinte, a bha a réir choslais cho soilleir dhaibh féin ris na deich àithntean ; thòisicheadh iad aig peacadh Adhaimh is tuiteam an duine ; an riarrachadh a dh' fheumadh a bhi air a thoirt do cheartas agus do lagh an Tighearna ; tiolhlac an Athar 'n a mhac a thàinig o' neamh a shaoradh a' chinne-daonna o'n bhàs agus o'n bhinn a thug Ceartas a mach 'n an aghaidh ; cosnadh na réite air a' chrann-cheusaidh, agus a shluagh taghta air am fire-anachadh agus air an gabhail a steach do theaghlaich Dhe tre chreideamh ann an eifeachd na h-iobaist a thaing Criod air a' chrann-cheusaidh. Ach ged a bhithinn a' cluinninn sin anns na seann làithean, is ann uair annamh a chluinnean diugh e ; Sàbaid as déidh Sàbaid gheibh sinn comhairlean glic mu'n bheatha dhiadhaidh, agus seòladh intte air a tharruing o theagasc Chriosd, mar gu'm b' aithne dhuinn uile an deagh sgeul cheana, agus mar gu robh sinn uile a' *creidinn*.

" Tha fhios agam gu bheil eòlas a' fàs, agus inntinnean dhaoine a' fosgladh agus ag atharrachadh ach tha m' inntinn-sa co dhiu ann

an ceò, agus bhithinn 'n 'ur comain na'm freagradh sibh ann an Leabhar Gorm na h-eaglais a' cheist so a tha cur dragha orm, co dhiubh is e *ùmhachd* do theagasg Chriosd a shaoras mi, no *earbsa* anns an iobairt-réite a thairg e do Dhia 'n am àite air Calbhari."

*"Duine gun ainm."*

\* \* \* \* \*

B' fheàrr leam duine-eigin eile a fhreagairt na ceiste so na mi fhéin, oir tha gu leoir de mhinistearan òga anns a' Ghàidhealtachd aig an rachadh air a' cheist so *fhosgladh* agus a dhùnadh ann an dòigh a bhiodh buannachdail do luchd-leughaidh nan duilleagan so. Tha mi a' toirt cuiridh dhaibh, ma ta, freagairt a thoirt dhi a dh' fhaodas mi a thoirt am follais anns an ath àireamh. Ma ghabhas dhà no trì an obair so as làimh, bithidh sin na's fheàrr air fad ; gheibh iad uile am beachd a liubhairt air na duilleagan so. Ach mur dean duine eile e, ni mi fhéin e.

\* \* \* \* \*

Ach ciod air bith ris an abrar an soisgeul feumaidh teachdaireachd a bhi aig an t-searmonaiche, air neo cha searmonaiche e idir. Cionnus a ni iad searmon mur cuirear iad, mar tha e sgriobhta, Cia sgiamhach casan na muinnitir sin a tha a' searmonachadh soisgeul na sìthe, a tha a' toirt sgeòil aoibhinnich air nithibh maithe!

Is e an dà ni as sine anns an eaglais, an searmon agus Sacramaid na Suipearach. Thòisich an eaglais le searmonachadh ; gun searmon agus sacramaid cha bhiodh an eaglais ann, agus cha mhò a mhaireadh i.

### Soisgeul cumhachdach

Ged a bhios sinne a' faicinn nan abstol, le mac-meanmain ar n-inntinn, mar dhaoine a bha ceartcall òir mu'n cuairt an cinn, chà robh anns na h-abstol gu nàdurra ach daoine a bha glé choltach riun fèin. Cha robh ach fear no dhà dhiubh coltach ri Pol, a bha seasamh a mach os cionn chàich. Ach ged nach robh iad 'n an daoine mór mór gu nàdurra, bha teachdair-eachd mhór agus iongantach aca, agus is e an teachdaireachd sin a rinn iad fhéin mór. Labhair iad air nithean as dòimhne na gheibhear ann an sgriobhaidean Philato ; gidheadh cha b'e iadsan a labhair ach spiorad Dhé a bha annta.

Feumaidh, ma ta, gu robh aig searmonaichean anns an t-seann t-saoghal ud soisgeul air chor-eigin (ciod air bith a bha iad a' teagasg a thuill-eadh air gu'n d' Eirich Criosd) anns an robh cumhachd Dhe, oir tha fhios againn gu'n do chuir iad an saoghal bun os cionn leis. Agus chan e mhain gu'n do chuir iad an saoghal bun os cionn 'n an là fèin, ach tha na nithean a labhair iad, eadhon anns an litir fhuar anns an robh iad air an cur sios ann an leabhar leis an fheadhainn a bha ag éisdeachd riu, a' cur an t-saoghal bun os cionn fhathast, agus a' deal-

achadh a mhic o'n athair agus na nighinn o'n mhàthair.

### Làn no falamh

Ach ged bha meas air searmonachadh anns na seann làithean tha e air a ràdh nach 'eil meas air an diugh. A bheil sin flor? Chan 'eil teagamh nach 'eil iomadh eaglais an Dùn-éideann gu maith falamh, ach tha aon eaglais an Dùn-éideann a tha cho làn aig an t-seirbhise-fheasgair, ged a thiochdas còrr agus mìle innse, 's nach 'eil rùm innse do na bhios ag iarraidh a steach, is b' fheudar dhaibh dol do Thalla Mór a' bhaile, a chionn gu robh am pobull a' dlùth-theannadh air an t-searmonaiche, a dh' éisdeachd facal Dhe. Ma tha e 'n a aobhar-smuain gu bheil eaglaisean falamh ann an Albainn, tha e 'n a aobhar-smuain cuideachd gu bheil eaglaisean làn ann ; aon air a ghabhail agus an t-aon eile air fhágail. Car son a tha aon searmonaiche air an dara taobh de'n t-sràid a' searmonachadh do fhichead duine, agus searmonaiche air an taobh eile a' searmonachadh do chòig ceud?

### Searmonachadh sgitheil

Cha toigh le daoine an diugh searmoin fhada ; failingidh iad còig mionaidean fichead, ach b' fheàrr leò còig deug ; agus na'm faigheadh iad deich, b' e sin a b' fheàrr air fad. Their iad gu bheil searmon a tha a' mairsinn os cionn ceathramh na h-uarach sgitheil. Bu ghasda leam a bhi's an éisdeachd na'n abradh duine-eigin sin ris an Ollamh Tormod Mac Leòid, nach mair-eann, a bha an Inbhir-nis. Chuala mi e ag ràdh uair-eigin, "Na daoine a bhios a' gearan air faidead shearmon, agus ag iarraidh oirnn an giorrachadh, is daoine iad am bitheantas anns nach 'eil diadhadheachd no eanchainn." Chan abrainn gu bheil sin cothromach, ach aig a' cheart àm their mi o'm' fhiosrachadh fhéin gur e na searmoin a b' fheàrr a chuala mi riamh searmoin a bha os cionn leth-uair, agus na searmoin a bu sgitheile a chuala mi riamh searmoin nach robh na b' fhaide na deich mionaidean. Théid aig cuid de dhaoine air do sgitheachadh agus air do ghràineachadh ann an còig mionaidean le deas-chainnt gun bhagh na's mothà na sgithicheadh daoine eile thu ged a leanadh iad air bruidhinn uair an uaireadair. Is e an flirinn nach e faidead no giorrad an t-searmoin a sgithicheas an luchd-éisdeachd idir, ach a bhi cluinntinn cnag, cnag, cnag, aig briathran anns nach 'eil biadh no salann, agus aig nach 'eil buintealas air bith ri saoghal nam beò.

### Ceathramh na h-uarach

Bho thòisich mi air so a' sgriobhadh thug mi an aire gu'n do thog an t-Ollamh I. T. Cox, Cléreach an Ard-Sheanaidh, a' cheist so ann an cruinneachadh air chor-eigin an là roimh,

agus gu'n dubhaint e gu'm bu chòir do mhinis-tearan feuchainn ris an t-searmon a chumail aig ceathramh na h-uarach. Ach cha ruigeadh e a leas a' chomhairle so a thoirt oirnn, oir tha a' chuid as miosa againn air searmonachadh 'g a dheanamh cheana, agus an fheadhainn as feàrr againn cha ghabh iad i. Leigidh iad sin le comhairle an cridhe féin seasamh, agus roinnidh iad Facal na firinn gun chabhaig.

Uair a bha an duine maith agus an duine diadhaidh, an t-Urramach D. T. Mac Aoidh nach maireann, air cheann coinnimh-ùrnuiigh ann a Hianais, an eilean Thiriodh, dh' iarr e air seann duine a bha anns a' choinneamh eirigh agus ùrnuiigh a dheanamh. Cha robh móran furais no faidhidinn anns a' mhinistear Mac Aoidh co dhiu; bhiodh e daonna'n phallus, cò dhiubh a bha e a' coiseachd no a' labhaint, agus is e a thubhaint e ris an fhear eile, "Deanaibh ùrnuiigh," a Chaluim, "agus bitibh sgiobalta." "Ni mi ùrnuiigh," arsa Calum, "ach gabhaidh mi m' iuine, a réir mar bheir an Spiorad comes-labhaint dhomh."

\* \* \* \* \*

An uair a théid mi do thigh ann am choimh-thionnal féin, agus a' their fear-an-tighe no

bean-an-tighe rium, m'am bi mi ach air suidhe, "Sinne a fhuair an searmon brèagha air an Radio air feasgar na Sàbaid," tha fhios agam nach ann a' moladh an t-searmonaiche a tha iad an da-rreadh, ach a' gabhail an lethsgail nach robh iad anns an eaglais. Tha eaglais an Radio a' toirt air falbh a' choimhthionail-fheasgar o na h-eaglaisean eile na's mò agus na's mò a h-uile bliadhna. Agus tha seirbhisean eaglais an Radio cho goirid agus cho òrdail 's gu bheil iad a' deanamh an t-slaugh mì-fhaidhidinn-each ri ministearan a bhios ag ùrnuiigh no a' searmonachadh ro fhada anns an eaglais. Chan 'eil mi a' faotainn coire do'n Radio air a shon so; chan 'eil mi ach ag innseadh gur e gjorrad agus sgiobaltachd an Radio fhéin aon de na h-aobhair (theagamh an t-aobhar as mothu) gu bheil an sluagh a nis ag iarraidh air ministearan an searmoin a ghiorrachadh. Ach ged nach toigh leamsa a bhi a' tomhas shearmon leis an t-slait-thomhais no leis an uaireadair, feumaidh mi a ràdh nach cuala mi riamh searmon air an Radio gun e a thighinn 'n am intinn gu'm b' fheàirr m' fheadhainn fhéin an gjorrachadh. Ach an car a tha anns an t-sean mhaide is duilich a thoirt as.

## Aig an Uinneig

### Na paipearan-naidheachd

THA os cionn mile gu leth paipear-naidheachd T ann am Breatunn a mhàin, is tha ochd deug dhiubh sin a' tighinn a mach air là na Sàbaid. Tha mi naoi muilleanan deug de phaipearan air an reic a h-uile là anns an dùthaich so, no suas tri ri fishead muillean 's an t-seachduin.

Na'n robh uile "oibricean" na rioghachd air an cur 'n an sreach, a thaobh àireamh nan daoine d'a bheil iad a' toirt cosnайдh, agus an airgid a tha air a dheanamh asda, tha mi an dùil gur e obair a' ghuail a bhiodh air thoiseach; bhiodh obair an fhearainn 'na dhéidh sin, agus obair an iaruinn agus togail bhàtaichean gu maith dùlh dhaibh, ach bhiodh an deicheamh àite anns an t-sreach aig obair nam paipearan-naidheachd.

Mar sin, cha ruig thu a leas a bhi an dùil gur e a' chrioch àraidih a tha 's an t-sealladh aig na daoine a tha 'g an cur a mach an fhirinn agus gun dad ach an fhirinn a thoirt dhuitse no dhomhsa; chan e idir, ach uiread airgid 's is urrainn dhaibh a dheanamh asda. Sin an aon rud a tha fodhra, agus air ghaol na paipearan a reic, cuiridh iad annta rud air bith, co dhiu a tha e uasal no nach 'eil.

Tha gaol nam paipearan-naidheachd air air-giod, agus air daoine a thoileachadh, air tighinn gu leithid a dh' àirde anns a h-uile dùthaich an diugh 's gu bheil iad 'n an cunnart do shith an t-saoghal. A h-uile maduinn tha iad ag

innseadh do Bhreatunn ciod a thuirt droch Ghearmaillich umainn an dé, agus ag innseadh do'n Ghearmailt ciod a thuirt droch Bhreatunn-aich umpa-san; am màireach leanaidh iad air a' cheart chànan, a' fudarachadh intinn air dhaoine a tha gu nàdurra 'n an daoine rianail gus mu dheireadh am bi iad an rùn na biodaig d'a chéile. Theagamh nach 'eil na paipearan-naidheachd a' feuchainn, le comhairle shuidhichte, ri rioghachdan a stuigeadh 'n a chéile, ach tha iad 'g a dheanamh le cion a' ghliocais a tha o shuas, agus a chionn nach urrainn dhaibh srian a chur air an teangaidh, no nithean a cheiltinn nach fhiach an toirt am follais.

Anns gach rioghachd air thalamh tha seòrsa dhaoine a tha cho tetb ri piopar agus cair aotrum anns a' cheann; daoine eile a tha amharusach agus farmadach, agus deas gu oilbheum no fearg a ghabhail. Sin na daoine air a bheil na paipearan-naidheachd a' cluich mar gu'm b' ann air fidhill, 'g an cur a dhannsadh no air mhire-chath mar a thoilicheas iad.

Na'n robh muinntir nam paipearan-naidheachd na bu ghlice agus na bu chiallaiche na tha iad bhiodh barrachd sith anns na rioghachdan. Co dhiubh is ann air duine no air paipear-naidheachd a tha "beul gun fhàithead," ni am beul sin aimhreit am measg dhaoine. Cha deanar, agus cha chumar sith, gun ghliocas, no gun cheartas.



## Anns an dorchadas

*"Agus a nis, feuch, tha mi a' dol gu Jerusalem ceangailte 's an Spiorad, gun fhios agam ciod na nithean a thàrlas dhomh an sín; ach a mhàin gu bheil an Spiorad naomh a' deanamh fianuis anns gach baile, ag ràdh, gu bheil geimhlíchean agus trioblaidean a' feitheamh orm."* —GNIOMHARAN XX. 22-23.

(Anns a' cheartachadh mu dheireadh a rinneadh air a' Bhiobull Ghàidhlig tha ceangailte ann am Spiorad air a chur an àite ceangailte 's an Spiorad; ciod a thachaireas dhomh air a chur an àite ciod a thàrlas dhomh; a' toirt fianuis dhomh air a chur an àite a' deanamh fianuis; geimhlean agus àmhgharan air a chur an àite geimhlíchean agus trioblaidean.)

THA fhios againne air na nithean a thachair do Phol an uair a chaidh e gu Ierusalem, agus á Ierusalem do'n Ròimh, agus a chionn gu bheil, tha sinn cinnteach gu'm bu mhaith do Phol fhéin nach robh fhios aige ciod a bha roimhe. Is ann 'n a choibhneas a dh' fholuich Dia air na trioblaidean a bha a' feitheamh air.

Cha mhór dhaoine riamh aig an robh cridhe cho gaisgeil 's a bha aig Pol, ach dh' fhaodadh eadhon duine gaisgeil tiomachadh na'n robh roimh-shealladh aige air an stri agus air an àmhghar a dh' fhuiling Pol anns na bliadh-nachan mu dheireadh d'a bheatha.

An uair a labhair e na briathran so bha e aig àirde a neirt, a thaobh a sheirbhis ann an eaglais Chriosd; bha dorsan a' fosgladh roimhe anns gach ceàrn 's an rachadh e, is bha e air a cheadachadh dha dol do bhailtean fad as, a dhaingneachadh nan eaglaisean beaga a chuir e air chois amnta, agus a chur failte air cuid de na seanairean a chuir e os an cionn.

Ach ged bu chaomh leis fuireach na b' fhaide am measg nam bràithrean sin, bha e a' cluinn-tinn 'n a chridhe agus 'n a choguis fèin Guth, a bha ag iarraidh air dol suas gu Ierusalem, a chumail Féill na Caingis; Guth nach b' urrainn dha a mhùchadh no a chasg.

Sin a tha air a chiallachadh leis an fhacal, *ceangailte ann am spiorad*; chan e an Spiorad Naomh, ach spiorad Phoil fhéin, agus a *thoil*. Bha ni-eigin 'n a chridhe fèin 'ga tharruинг gu Ierusalem, air chor agus nach b' urrainn dha gun dol ann, eadhon ged nach robh fhios aige ciod a bu chrìoch d'a thuras.

Bha a' chuid mhór d'a chàirdean duilich gu'n do chuir e roimhe dol gu Ierusalem, oir bha eagal orra gu'm faodadh na h-Iudhaich làmh a chur 'n a bheatha. Bhiodh am baile làn de choigrich eudmhor aig Féill na Caingis; daoine aig an robh fuath eagallach do Phol a chionn gu'n do threig e an eaglais Iudhach agus creid-eamh aithriclean, agus mar sin bhiodh e cunnartach dha e fèin a nochdadh 'n am measg. Thuit a chàirdean ris gu'n tachradh dha mar thachair do na faidhean eile a bha air an clachadh le muinntir Ieruseleim; gu'n do cheus

iad Iosa; gu'n do mharbh iad Stephen agus Seumas; agus gu'm marbhadh iad esan cuideachd.

Ach ged a chomhairlich iad dha gun dol suas gu Ierusalem, cha do ghabh Pol an comhairle; leig e le comhairle a chridhe fèin seasamh. Theagamh nach robh e glie dha sin a dheanamh ann an aon seagh, agus gu'n iarradh gliocas saoghalta air a bhi na bu chùramaiche m'a bheatha na bha e, ach air a shon sin bha e ceart do Phol solus a choinnle fèin a leantuinn agus 'aghaidh a thionndadh gu Ierusalem, direach mar rinn a Mhaighstir roimhe, a dh' aindeoin comhairle a chàirdean.

### Air an treòrachadh

Tha mise a' creidinn le m' uile chridhe gu bheil Dia a' lasadh coimleann an cridhe dhaoine diadhaidh leis an téid aca air an t-slighe cheart aithneachadh gach uair a thig iad gu crois-an-rathaid. "Treòraichidh e na daoine ciùin ann am breitheanas."

Bha "geimhlean agus àmhgharan" Phòil na bu chumhachdaiche ann an aobhar an t-soisgeil na eadhon na turuis leis an do shàraich e a bhodhig; tha na litrichean a sgriobh e anns a' phriosan a nis air an cunntas am measg nan sguabhan as prisiele de thoradh a bheatha.

"*Gun fhios agam ciod na nithean a thachras dhomh;*" cha robh fhios aig Pol, ach tha fhios againne, gu robh e a' dol an còmhaghail a' bhàis, an uair a chuir e 'aghaidh air Ierusalem, oir ged nach ann an Ierusalem a bha e air a dhíteadh ach anns an Ròimh, is ann an Ierusalem a thòisich an teine beag a thàinig mu dheireadh gu ire mhór.

Is maith dhuinn gu bheil na nithean a tha 's an dàn dhuinn ann am freasdal Dhe air am foluch oirnn; is leòr do gach là a chìram agus uallach fèin, gun uallach an là màireach a bhi air a chur ris. Theagamh gu robh doilghios Chriosd air a mheudachadh a chionn gu'm bu léir dha fad bhliadhnaich sgàil a' chroinn-cheusaидh a bha thairis air, agus gu robh fhios aige ciod na nithean a thachradh ris.

**Fios roimh láimh**

Ann an aon seagh faodaidh sinn fhiös a bhi againn (ann an tomhas co dhiu) air cui'd de na nithean a thachras dhuinn, oir thug Dia ciall agus coguis dhuinn, agus ar cuibhrionn ann an saoghal a tha air a riaghladh le laghanna teann agus seasmhach. Ma tha fhiös agad "gu'm buain thu mar a chuir tha"; no ma tha fhiös agad "gur e sith toradh na fireantachd"; no "gur e daoine trócaireach a gheibh trócair", chan urrainn dhuit a ràdh nach 'eil fhiös agad ciod a tha a' feitheamh ort anns na làithean nach tainig fhathast. An seòrsa duine a bha annad an uiridh agus am bliadhna, iñnsidh sin ciod an seòrsa duine a bhiös annad an athbhliadhna. An Dia anns a bheil thu a' creid-sinn, no an ulaidh air a bheil do chridhe air a shocruachadh, imnsidh sin dhuit (ann an tomhas co dhiu) ciod a thachras ort, oir tha do bheatha air a cumadh leis na smuaintean agus na rùinntean a tha 'n ad chridhe fada fada na's mò na tha i air a cumadh le do chùrsa o'n taobh a muigh.

Tha e glic dhuit do bheatha a ghabhail "ceum air cheum," gun ro-chùram a bhi ort a thaobh nithean a tha fada bhuit. Ged nach aithne dhuit-se ciod a tha 's an dorchadas, is aithne do d' Athair air nèamh; agus cha tachair ni air bith dhuit gun a chead-san. Ma tha amharus 'n ad chridhe nach 'eil Dia a' riaghladh anns an t-saoghal, no a' roimh-òrdughadh 'n a ghràdh nan nithean a tha tachairt, is ion dhuit ro-chùram a bhi ort mu chùrsa do bheatha, ach ma tha thu a' creidsinn gu bheil fulteinean do chinn air an àireamh, agus a dhion timchioll ort gun sgur, car son nach biadh cridhe foisneachail agad agus earbsa làidir?

**Coibhneas Dhe**

"Ma tha thu cinnteach," arsa R. L. Stevenson, "gu bheil Dia a' rùnachadh a bhi

coibhneil riut, bu chòir dhuit a bhi sona." Tha gach duilleag anns a' Bhiobull ag innseadh dhuinn gu bheil Dia coibhneil ri cloinn nan daoine. "Dealaichidh na sléibhteán ri 'm bunaitean, agus atharraicheadh na beanntan as an àite, *ach cha dealaich mo choibhneas riut-sa.*"

Ma tha eòlas againn air Dia agus air a choibhneas, gu sònruichte a choibhneas ann an Iosa Criosd, cha ruig sinn a leas a bhi 'g ar gearan féin a chionn nach 'eil fhiös againn ciod a thachras am màireach. Ged nach robh fhiös aig Pol ciod a bha feitheamh air an Ierusalem bha eòlas aige air Dia, agus earbsa ann an Dia, air chor agus gu'n dubhaint e, ann an là a theinn, "Sheas an Tighearna làimh rium agus near-taich e mi."

"*Gun fhiös agam ciod na nithean a thachras dhomh.*" Tha an dà chuid mil agus gath anns an fhacal sin, ach bu mhaith leam facail eile a chur sios air an duilleig so a bheir an gath as.

*Cha bhuin e dhuibhse fios nan aimsir no nan àm fhaotainn.*—GNOMHARAN i. 7.

*Tha fhiös aig bhur n-Athair.*—LUCAS xii. 30.

*Tha fhiös againn gu'n comh-oibrich na h-uile nithean chum maith do'n dream aig a bheil gràdh do Dhia.*—ROMAN. viii. 28.

*Tha fhiös againn gu'n éisd eruinn.*—1 EOIN V. 15.

*Tha fhiös agam co ann a chreid mi.*—2 TIM. i. 12.

*An ni so a tha mi a' deanamh chan aithne dhuit-se a nis, ach bithidh fios agad air 'na dhéidh so.*—EOIN xiii. 7.

*Tha móran nithean agam ri ràdh ribh, ach chan urrainn sibh an giùlan an tràth so.*—EOIN XVI. 12.

*Is i glòir Dhe ni a cheiltinn.*—GNATH-FHOCAIL xxv. 2.

## Ciod e an Soisgeul

ANNS an àireamh mu dheireadh bha litir o "duinne gun ainm," ag iarrайдh soluis air rud nach 'eil soilleir dha, ciod a tha an eaglais no ministearan a' ciallachadh leis an t-soisgeul. Thubhaint e gu'm bi e a' dol do'n eaglais, ach ged a bhiös e a' cluinnint shearmon anns a bheil comhairlean maith air an toirt dha a thaobh na beatha dhiadhaidh, nach 'eil fhiös aige fhadhast ciod an deagh sgeul a dh'fheumas e a chreidsinn; no ciod an dòigh anns am bi e air a theàrnadh, co dhiubh is ann le umhlachd a thoirt do theagasc Chriosd, no le earbsa a bhi aige anns an iòbairt-réite a thaing Chriosd do Dia air a' chrann-cheusaidh. Na'n robh amharus agam gur ann air ghaol deasboireachd, no air ghaol a bhi faotainn coire do'n eaglais no

do mhiniestarán a bha a' cheist so air a cur chugam, chuirinn anns an teine i, ach ged nach 'eil fhiös agam cò a chuir 'g am ionnsuidh i, bha mi an dùil gu robh dreach an ionracais agus na h-irioslachd oirre, agus mar sin thug mi am follais i, an déidh dhomh an droch litreachadh agus an droch sgrìobhadh a bha innta a cheartachadh. Ceist air bith a tha air a cur gu treibhdhìreach, air ghaol na firinn, gheibh i àite air na duilleagan so daonnan.

Tha mi toilichte, ma ta, gu bheil freagairt air a thoirt do'n cheist anns an àireamh so le triùir mhiniestarán aig a bheil seaSAMH cho maith ann an Eaglais na h-Alba 's nach ruig mise a leas an còrr a ràdh umpa:

Ruairidh Moireasdan, Lit.A., an Steòrnabhagh

Alasdair Mac Fhionghuin, Ph.D., an Cill-mo-Naomhaig  
Iain Mac-a-Phearsoin, M.A., an Tigh-an-Uillt.

\* \* \* \* \*

(Le Ruairidh Moireasdan, Lit.A.,  
an Steòrnabhagh)

"Tha an 'Duine gun ainn,' a' cur na ceisid so : 'Co dhiubh is e ùmhachd do theagasc Chriosd a shaoras mi, no earbsa anns an iobairt-réite a thaing e do Dhia 'n am àite air Calbhari?'

"So mo fhreagairt-sa : Chan e d'ùmhachd-sa do theagasc Chriosd a ni do theàrnadh. Cha mhò a theàrnas d'earbsa ann an iobairt-réite Chriosd thu. Chan e rud sam bith a tha 'na do chomas-sa, aon chuid ùmhachd no earbsa, leis am bi thu air do theàrnadh. 'S e gniomh Dhe a mhàin a tha anns an teàrnadh, chan e gniomh an duine, agus teàrnaidh Dia gach uile dhuine a dh-earbas ri Dia sin a dheanamh. Chan e d'earbsa-sa a tha 'g ad theàrnadh, ach 's e Dia a tha 'g ad theàrnadh 'nuair a dh-earbas tu ris.

"Nuair a sguireas daoine dhe bhi leigeil an taic air na ni iad fhéin, 'nuair a dh' fhàgas iad aig Dia an obair anns am bheil tlachd aige, cha bhi an tuilleadh moille 'n an teàrnadh. 'S e tha a' cur bacaidh air teàrnadh mhòrain nach ceadaich iad do Dhia an eùis a ghabhail os làimh ; tha iad fhéin a' deanamh na's urrainn dhoibh iad fhéin a theàrnadh ; agus gus an sguir an obair sin chan 'eil iad a' toirt ùmhachd do theagasc Chriosd, 's chan eil iad ag earbsa ann an iobairt-réite Chriosd. Tha ùmhachd ri thoirt do theagasc Chriosd ; tha earbsa ri chur ann an iobairt-réite Chriosd, ach is còir dhuinn an deagh aire a thoirt nach dean sinn Slànuighear aon 'chuid dhe ar n-ùmhachd no dhe ar n-earbsa. 'S e Dia ann an Criosd a mhàin an Slànuighear, agus 's ann tre bhi ag earbsa ris-san, 's ann tre bhi toirt ùmhachd dha-san a ruigeas teàrnadh oirnne.

"Thàinig Dia ann an Criosd a dh-ionnsuidh an t-saoghal so, agus chuir e ann an soillear-eachd le a theagasc agus le a ghnìomharan gu'n robh e araois deònach agus comasach air daoine a theàrnadh.

"Tha an 'Duine gun ainn,' a' cur 'n ar cuimhne gu'm biodh na seann mhiniștearan a' labhairt gach Sàbaid air innleachd na slàinte. 'S math a thigeadh sin dhoibh. Cha bhuin mise ris an so ach ann am beagan fhacal. 'S e tha ann an innleachd na slàinte gnothuch eadar pearsachan na Diadhachd, gnothuch tre an do réitich Dia slighe dha fhéin anns am biodh e 'na Dia ceart 'nuair a theàrnadh e peacaich nach robh airidh air teàrnadh. 'S ann gun teagamh air Calbhari a bha an réite sin air a dheanamh. 'S ann bho Chalbhari tha guth Dhe a' tighinn a mach a dh-ionnsuidh an t-saoghal, ag glaodhach, 'Seallaibh riumsa, uile

iomalla na talmhainn, agus bithibh air bhur teàrnadh.' 'S e an guth sin an Soisgeul, an deagh sgeul gu'm bheil Dia araon deònach agus comasach air daoine a theàrnadh, agus mur 'eil mise air mo mhealladh b'e sin an teachdaireachd a bha aig na seann mhiniștearan, agus mo thruaighe ministear sam bith, no sluagh sam bith, aig nach 'eil an dearbh theachdaireachd sin an diugh.

"An là a dh' earbas tuna do theàrnadh ri Dia ann an Criosd tha do theàrnadh cinnseach ; tha Dia 'ga ghabhail os làimh agus bheir esan gu buil e. 'S e do ghnothuch-sa a bhi làn-chreidhsinn gu'm bheil e deònach agus comasach sin a dheanamh. Gun teagamh 's e dleasdanas agus iarrtu gach uile Chriosduidh ùmhachd a thoirt do theagasc Chriosd, agus as eugmhais naomhachd—'s e sin ùmhachd ionlan do theagasc Chriosd—chan fhàic neach Dia. Ach ciamar a ruigeas am peacach, 's e sin an Criosduidh, oir ged a tha e 'na Chriosduidh tha e fhathast 'na pheacach, cionnus a ruigeas peacach air an t-suidheachadh so ? Chan 'eil rian air ach le bhi ag earbsa a chùis ri Dia. A cheart cho cinnseach 's a fhuair thu slàinte no teàrnadh tre bhi 'g ad earbsa fhéin ri Dia ann an Criosd gheibh thu naomhachd mar an ceudna tre bhi a' buanachadh anns an earbsa sin. 'S ann bho làimh Dhe a thig naomhachd mar is ann bhuaithe a thàinig maithean.

"'S e deagh sgeul an t-soisgeil gu'n robh Dia ann an Criosd, a' deanamh an t-saoghal reidh ris féin, gun a bhi meas an cionta dhoibh, agus gu'm faigh an duine a leigeas a thaic air gniomh Dhe teàrnadh ionlan, leis gach beannachd, anns a' bheatha so is anns an t-siorruidh-eachd, a tha sin a' gabhail a stigh."

\* \* \* \* \*

(Le Alasdair Mac Fhionghuin, Ph.D.,  
an Cill-mo-Naomhaig)

"Ann a bhi a' freagairt na litreach anns a bheil 'Duine gun ainn,' ag ràdh nach 'eil fhios aige ciod a tha ministearan agus ceistearan a' ciallachadh leis an t-soisgeul, theirinn an toiseach nach 'eil e 'na ionghadh leam ged a bhithreas ministearan air uairean a' labhairt air teagasc Chriosd mar an soisgeul ; air uair eile air an iobairt-réite mar an soisgeul ; agus a rithist, air na sochairean spioradail a tha creidmhich a' sealbhachadh mar oighreathan air Dia, mar an soisgeul. Cha mhòtha a tha an t-amladh sin a' cur móran dragha orm, a chionn gu bheil an soisgeul 'g an gabhail a stigh air fad. Mar an ceudna, tha mi a' cuimhneachadh gu'm faodadh 'Duine-gun Ainn,' an gearan ceudna a dheanamh mu theagasc Chriosd féin mu rioghachd Dhe, no rioghachd nèimh. Rinn Criosd móran searmonachaidd mu 'n rioghachd

so, agus tha roinn d'a theagascg 'n 'ur làmhan, o'm bheil sinn a' faicinn gu bheil E a' ciallachadh leis an rioghachd aig aon àm *riaghladh Dhe ann am beatha dhaoine*; aig àm eile, tha E a' ciallachadh *an t-sluaign anns am bheil Dia a' riaghladh*; agus aig àm eile, tha E a' ciallachadh *nan sochairean a bhuineas dhoibhsan a fhuair èolas sònruichte air Dia*. ‘Uime sin, tha mi ag ràdh ribh, gu'n toirear rioghachd Dhe uaibhse, agus gu'n toirear do chinneach eile i, a bheir a mach a toraidh.’

“Agus cha chreid mi nach 'eil seagh eile fhathast anns am bheil rioghachd Dhe air a tuigsinn, 'se sin, sluagh saorta Dhe air an àrdachadh ann an glòir agus neo-bhasmorachd anns am bheil toil Dhe a' riaghladh, agus le am bheil làn sheirbhis Dhe 'g a comhlionadh.

“Mar a tha cuspair mór aig fear-teagaisg, curirdh e ann an caochladh chruith e fo an aon ainm. Is ann mar sin a tha a thaobh an t-soisgeil. Ciod, ma ta, a tha sinn a' ciallachadh leis an t-soisgeul? Tha, ann am briathraibh is aithne do na leanabaibh, gur 'ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug E aon-ghin mhic a chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige.' Is e sin cridhe na deagh sgéil mhór-acibhlneis; agus tha e duilich leamsa a chreidsinn gu bheil duine pongail air bith ag éisdeachd shearmon fad bhliadhnmachan a tha ann an teagamh mu'n chuis.

“A thaobh nan ceistean eile, an e ùmhachd do theagascg Chriosd a shaoras duine, no earbsa anns an iobairt-réite, cha chreid mi gur e aon seach aon dhiubh a shaoras duine, ach an dà chuid còmhla. Chan 'eil e iomchuidh a bhi a' feuchainn ri sgaradh a dheanamh eadar am Fear-teagaisg agus an Iobairt-reite; oir is e an aon neach a tha air fhoillseachadh annata. Ma shaoleas duine gu'n saorar e le earbsa anns an iobairt a mhàin, éisdeadh e ris an fhocal so: 'Gach uile neach a chluinneas na briathran so agamsa, agus nach coimhlion iad, samhlaichear e ri duine amaideach a thog a thigh air a' ghainneamh; agus thuirling an t-uisce, agus thàinig na tulitean, agus sheid na gaoothan, agus bhuail iad air an tigh sin; agus thuit e; agus bu mhór a thuitem.'

“Is ann mar so a tha mise a' tuigsinn na cùise: an uair a tha duine air a għluasad gu bhi ag iarraidh saorsa o chionta, is e a' chùis chudhromach ciamar a għieb h maitheanas o Dhia. Saoilidh e nach gabh a pheacanna toirt as an rathad, no an cuing a thogail dheth gu bràth. Ann an t-suidheachadh thruagh sin, chan 'eil dòigh eile anns am faigh e saorsa aċ-ċealltuuñn ri Chriosd air a cheusad, a' giūlan peacaidh an t-saogħil, agus aig deireadh a' ghnothuwich, a' taргseadh maitheanas do na h-uile a għabbas ris. Ann a bhi a' creidsinn gu'n d' thug Chriosd e-féin air a shon ann an

gràdh nach gabh tuigsinn no tomhas, agus gu'n robh Dia ann an Chriosd a' deanamh an t-saogħail réidh ris féin, gun a bhi a' meas an cionta dhaibh, tha duine a' faighinn saorsa o uallach, agus o eagħal; agus a' tighinn gu réite ri Dia.

“Ach chan 'eil an sin ach toiseach a slàinte spioradail. Ged is priseil dol as o bhagradh breitheanais, is feàrr gu bheil gairm àrd air a cur roimhe, eadhom fàs ann an gràs, maise, agus cumhachd na diadhaidheachd, gus am bi e mu dheireadh air a chruith-atharrachadh gu coslas glòrmhor Chriosd féin. A chum na criche sin, chan 'eil dha ach aon dòigh, 's e sin, teagasc agus eiseimpleir Chriosd agus nan abstol a għabħail gu cridhe. Mur dean e sin, tuitidh e air ais do'n pheacadh a ris, a dh' aindeoìn gu'n d' fhuair e maitheanas roimhe sin; agus ma shaoleas neach air bith gu'n saorar e le muiningħin a chur anns an iobairt-réite, am feedh is a tha e a' cur teagaisg Chriosd ann an suaraicheas, tha e g' a mhealladh féin. Car son idir a rinn an Tighearn uiread teagaisg, agus na h-abstoil a leithid eile, ma shaorar daoine as eugħmha? Faodaidh cwid a bhi cràbhach, a' creidsinn gu bheil iad sàbhailte o na bhàsaich am Fear-saoraidh air an son, ged a tha iad féineil, uaibh-reach, sanntach, neo-ghrādhach am meaġġ an comh-chreutairean. Ach a réir fhocail féin, chan aididh Esan an seorsa sin mar a shluo saorta; ach aidididh E iadsan a ni toil Dhe.

“Mar sin, tha duine a' faighinn maitheanas 'n a chionta agus réite ri Dia air sgàth na h-iobairt-réite; agus tha e a' faighinn àithne is eiseimpleir, comhairle is earail, comhfur-tachd is gealladh, gu bhi 'g a oilineachadh anns an diadhaidheachd, agus le cuideachadh an Spioraid naoimh, g'a chur air aghaidh a chum lànachd na slàinte. Tha an dà chuid feumail.”

\* \* \* \* \*

(Le Iain Mac-a-Phearsoin, M.A.,  
Tigh-an-Uillt)

“Mu'n urrainn duine a bhi air a thèarnadh feumaidh e sealladh fhaotainn air gràinealachd a' pheacaidh agus maitheanas fhaotainn trèid Iosa Chriosd.

“Tha mi cinnteach gu'm faca no gu'n eual thu uaireigin mu dhithis a bha 'n am fior chàirdean ré iomadh bliadhna. Aon latha rinn an dara h-aon gniomh mosach air an aon eile: gniomh nach deanadh fior charaid idir. Bha bann a' chairdeis air a bhriseadh is rinn an droch gniomh so an eadar-dhealachadh.

“Mu'm b' urrainn an ciontach a bhi air a għabħail a steach a ris mar charaid dh' fleum-adh e fhaicinn gu'n do rinn e céarr, agus maithenans fhaotainn.

“Chan e ni furasda a tha ann idir olc mór a

mhaiteadh do neach eile. Tha an eridhe aige-san a mhaiteas e air fhàsgadh 's air a chràdh. Tha e mar gu'm biodh e a' ghabhail ciont an fhir eile air féin.

"Chi sinn a' cheart ni so a' tachairt air Calbhari. Ghabh Criod nàire a' pheacaidh air féin agus dh' fhuiling e, am fìrean ann an àite an neo-fhírean.

"Air Calbhari choinnich gràdh Dhé ann an Criod agus peacadh an t-saoghail. Ré ùine bhig shaoil daoine gun d' fhuair am peacadh a' bhuaidh ach cha d' fhuair; dh' éirich Criod le cumhachd agus tha e beò gu bhi a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son aig deas làimh na móracdh.

"Nuair chi mac an duine gràinealachd a' pheacaidh a rinn e ann an aghaidh gràidh cho mór tha e a' guidhe air son tròcair agus eisidh Criod ris agus bheir e solus dha.

"Tha e an sin a' dol air aghaidh bho neart gu neart. Na peacaidean anns an robh e a' ghabhail tlachd anns an àm a chaidh seachad, cha ghabh e tlachd anna na's mò. Tha eridhe glan na chòm agus a smuaintean gu tric air na nithean sin a ta shuas. Tha e a' leigeil ris 'na

dhol a mach 's 'na theachd a steach, 'na ghiùlan 's 'na chaitheamh-beatha eo dha a ta e a' deanamh seirbhis. Is urrainn da a ràdh maille ris an Abstol Pol, 'gidheadh a ta mi beò, ach cha mhise ach Criod a ta beò annam.'

### Deagh sgeul an t-Soisgeil

"Chan eil deagh sgeul an t-soisgeil a' tóiseachadh gus an do dh' éirich Criod le buaith thairis air an uaigh agus air a' bhàs. Chunnaic a dheisciobuil e, agus móran eile agus an sin chaidh iad a mach leis an deagh sgeul gu bheil E beò, agus gu'm bi sinne beò maille ris mar an ceudna.

"Tha an *deagh sgeul* a' fileadh a steach gach ni a dh' ainmich thu, teagasc Criod mu Dhia agus mu'n bheatha shona agus dhiadhaidh: teagasc nan Abstol mu Chriod agus mu bhàs: an Spiorad Naomh ag oibreachadh ann an eridheachan dhaoine.

"Ma tha thusa a' creidsinn gur e Criod Mac Dhé agus gu'n do dh' fhuiling e air son do pheacaidh, agus gur urrainn da maiteanas a thoirt dhuit, bheir thu ümhlaichd dha agus bidh e a' fas annad gach là."

## An Eaglais Phàpanach an Albainn

**T**HUBHAIRT an t-Ollamh Iain Watson nach maireann, an uair a dh' fhàsadh ministear de'n eaglais Stéidhlichte leasg, gu'n tòisicheadh e air seann searmoin a liubhairt, ach an uair a dh' fhàsadh ministear de'n eaglais Shaoir leasg, gu'n tòisicheadh e air searmonachadh an aghaidh na h-eaglais Phàpanaich. Ma bha dà bhoinne de'n fhàrrinn anns an fhacal sin uaireigin, chan 'eil aon bhoinne ann an diugh, oir is annamh a chluinnear neach air bith an diugh a' togail fianns an aghaidh mearachdan na h-eaglais Phàpanaich, sioch seachain a bhi a' cur sios oirre. Tha sinn uile cho mór an eisiomail nan naomh agus nan diadhairean a bha air an àrach agus air an oileanachadh innta 's nach toigh leinn dad ceàrr a ràdh mu'n mhàthair a thug cioch is bainne dhaibh.

A thuilleadh air sin tha clann Ghàmalieil a' fàs na's lionmhoire na bha iad aon uair, an duine glic a thubhairt, "Leigibh leò, ma's ann o dhaoine a tha a' chomhairle so no an obair so, thig i gu neo-bhrigh, ach ma's ann o Dhia a tha i, chan urrainn sibhse a' cur gu neo-bhrigh."

### Firinnean siorruidh

Tha an eaglais Phàpanach gu maith na sine na na h-eaglaisean eile a tha againn an Albainn, is faodar a bhi cimteach nach e a mearachdan a tha 'ga cumail beò ach na firinnean siorruidh

air a bheil i a' seasamh gu daingean. A dh' aindèdin ghisreagan a tha aice 'na h-aoradh, agus a' chuinq a tha i a' cur air amhaichean chreidmheach, agus fichead rud eile a tha 'n ar sùilean-ne faoin agus leanabail agus neo-spioradail, cha chualas riamh fuaim neo-chinn-teach o'n eaglais Phàpanaich a thaobh firinnean móra a' Chreidimh, a thaobh diadhachd Criod, a thaobh na h-aiseirigh, no a thaobh na beathe shiøruidh. Eaglais air bith a tha a' creidsinn agus a' teagasc gu d' fhoillsicheadh Dia anns an fheòil; gu robh Mac siorruidh Dhe air a cheusadh air Calbhari; gu'n d' éirich e o na mairbh agus gu'n deachaidh e suas gu deas-làimh Dhé far a bheil e a' coimhlionadh sagartachd shiøruidh as leth pheacach; gu'n tig e a ris a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh; a tha creidsinn anns an Spiorad Naomh, ann am maiteanas peacadh, ann an aiseirigh a' chuirp, agus anns a' bheatha mhàireannaich,—eaglais air bith a tha a' creidsinn anns na firinnean sin agus 'g an teagasc, chan abrainn-sa nach eaglais Chriosduidh i.

### Aireamh nam Pàpanach

A bheil an eaglais Phàpanach a' fàs an Albainn? Tha, agus chan 'eil. Tha àireamh nam Pàpanach a' dol am meud, ach is e an t-aobhar gu bheil móran Eirionnach a' tighinn

a nall á Eirinn a h-uile bliadhna a dheanamh an còmhnuidh an Albainn. Bha iad sin 'n am Pàpanaich m' an tāníg iad a nall, is leanaidh iad fhéin agus an teaghlachian air a bhi 'n am Pàpanaich. Ach chan 'eil an eaglais Phàpanach a' deanamh adhartas air bith am measg fior shluagh na h-Alba.

Tha so air a dheanamh soilleir agus cinnteach ann an leabhran beag a bha air a chur a mach o chionn ghoirid leis an Urramach I. Hutchison Cockburn, D.D., an Dùn-Blàin. Ann an leabhran so tha e a' tighinn thairis air òraíd a bha air a liubhairt aig eruinneachadh mó r am baile Ath-chliath (Dublin) leis an Athair Urramach McGettigan :

" Tha còrr agus trì cheud bliadhna," ars esan " bho na dhealaich muinntir na h-Alba ris an eaglais Phàpanaich, ach chan 'eil mi a' faicinn comharadh air bith gu bheil iad a' tighinn air an ais int. A dh' aindeoin cho dileas 'ga bheil sinn a' saothrachadh 'n am measg, a' frithdealadh òrdúghean na h-eaglais, chan 'eil sinn a' deanamh druidheadh air bith air intinnsean an t-sluagh, no 'g an t-làdadh d' ar n-ionnsuidh. Ma tha aìreamh ar sluaigh a' dol am meud, is e an t-aobhar gu bheil iad a' tighinn chugainn á Eirinn, agus gu bheil iad a' siolachadh na's mò na seann stoc na h-Alba. Tha greim gu maith làdir againn anns na trà bailtean-móra as mothà, gu sònraichte ann an Glaschu, ach chan 'eil greim againn ach airlichd-oibre, agus tha beo-shlàintluchd-oibre cho neo-chimteach dhaibh 's gu'm faod iad a bhi an so an diugh agus an àite eile am màireach. Air an dùthach far am faighear fior stoc na h-Alba chan 'eil àite-seasaimh idir againn ; chan 'eil an eaglais Phàpanach ann idir. Agus rud as iongantaiche air fad, anns na ceàrnaih sin far an robh i aon uair làdir, agus far an do dhealraich a solns mar a' ghrian, na ceàrnain anns an robh aidaean, is annaidean, is manachaínean, air an suidheachadh, —chan 'eil i an diugh ri fhaicinn anns na ceàrnaih sin idir. Is e an fhìrinn gu bheil muinntir na h-Alba cho làdir an aghaidh na h-eaglais Phàpanaich 's a bha id riamh. Theagamh gu bheil iad coimhearsnachail agus coibhneil ri Pàpanaich fa leth, ach a thaobh riaghlaigh a' Phàpa, no a thaobh na sagartachd, no a thaobh na h-airfriann, bu cho maith dhuit a bhi bruidhinn ri creig ri feuchainn r'a thoirt air muinntir na h-Alba gnuis a thoirt do na nithean sin, no gabhail riù."

### Nàisinn na h-Alba

Tha dà sheòrsa Phàpanach an Albainn, (1) nàisinn na dùthcha a dh' fhan 'n am Pàpanaich aig àm an Ath-leasachaiddh, agus (2) Eirionnaich a thàinig a dh' Albainn a dh' iarraidh cosnaidh agus a dh' fhùirich ann.

Gheibhearr a' cheud sheòrsa an sioramachd Inbhir-nis (Barraidh is Uidhist is Mórar), an sioramachd Dhùn-fris, an sioramachd Bhanbh, agus an ceàrnaih a dh' Obar-eathain. Chan 'eil mùghadh air bith eadar na daoine sin agus an còrr de 'n t-sluagh ; tha iad de'n aon fhuil agus de'n aon ghné r'an coimhearsnach, is tha an aon dòigh beatha aca. Tha tighinn is dol eadar iad fhéin agus Pròstanaich gun sgur, agus na's lugha de fhuath no de chùl-chàineadh na bha uaireigin eadar an eaglais Shaoir agus

eaglais na h-Alba. Chan 'eil an seòrsa so a' dol am meud, ged nach cuireadh e campar air an coimhearsnach ged a bhitheadh, a chionn gur ann de'n cheart stoc riù fhéin a tha iad. Tha e air a ràdh gu'm faodar aìreamh na feedh-nach so a chur sios aig trì fisheadh mile's a deich. Chan 'eil iad a' siolachadh ach car coltaich r' an coimhearsnach Phròstanach.

Ach tha e a' eur an dà chuid campar agus eagal air daoine glie is turail an seòrsa eile a bhi a' fas lìonmhòr, Pàpanaich Eirionnach nach 'eil de'n aon fhuil no de 'n aon ghné idir ri muinntir na h-Alba. An uair a bha obair pailt, agus tuarasdal beag, agus biadh saor, thàinig sgoath dhiubh so a dh' obair air Cluaidh, is tha an treas agus a' cheathramh gineal dhiubh a nis 'g an sgoileadh féin air feedh na tire, far a bheil oibrichean iaruinn agus guail. Tha e air a ràdh gur e Pàpanaich Eirionnach a tha anns a' cheathramh cuid de muinntir Ghlaschu, agus gu bheil iad a' siolachadh fada na's braise na na Pròstanaich. Tha innleachdan folachaidh aig mnathan nodha leis an téid aca air gun clann a bhi aca, ach ged tha na h-eaglaisean Pròstanaich a' leigeil an toil féin le pàrantan anns a' chùis sin, tha an eaglais Phàpanach a' toirmeasg nan innleachdan sin, agus a' toirt a beannachd do theaghlachian móra.

### Ar n-oighreachd

Cha bu mhaith an gnothuch gu'n cailleadh Albainn fhìor dhreach féin, no gu'n cailleadh e fuil agus gnàths agus creideamh ar sinnseir. Fhuair sinn oighreachd bho ar sinnsear fada fada na's fheàrr na nì air bith as urrainn Pàpanaich Eirionnach a thoirt dhuinn, ach mur bi sinn cùramach m' an oighreachd sin, agus mur sealbhaich sinn le sgoinn an tir anns an d' àraich-eadh sinn, cha ruig sinn a leas a bhi an dùil nach tig daoine eile 'g a sealbhachadh.

\* \* \* \* \*

Is e mac Gàidheil, mac ministir anns an t-seann éaglais Shaoir, a thug an togail bu mhò do'n eaglais Phàpanaich a fhuair i riamh an Albainn, am Morair Alness (Raibeart Mac an Rothaich), a rinn an t-achd ùr ris an abrar "Achd an Fhoghlum, 1918." Leis an achd sin tha e mar fhiachaibh air muinntir na h-Alba sgoilean a chur suas ann an àite air bith anns an abair an eaglais Phàpanach gu bheil feum aice orra, agus b' fheudar dhaibh na seann sgoilean a bha aice a cheannach gu daor. Cha b' ann mar sin a thachair ann an 1870, 'nuair a ghabh an Staid thairis na sgoilean a bha aig eaglais na h-Alba agus aig an eaglais Shaoir. Thug iadsan seachad na sgoilean mar thiodhlac saor gun aon fhàrdain iarraidh o'n Staid. Ach chuir Achd Mhic an Rothaich mìltean a dh' ariegiod am pòca na h-eaglais Phàpanaich.

## A' Ghaoth an ear

THA mi 'g a sgrìobhadh so air an deicheamhlà de December, ach tha beagan de'n bhàrr a mach fhathast anns na glinn so, ged nach 'eil móran. Cha chiuimhne leis an duine as sine foghar cho fiuch 's a bha agaunn am bliadhna, no droch shìd a lean cho fada. Ach anns na neòil as duirche chithear am bitheantas iomall no cirb nach 'eil cho dubh ris a' chòrr, agus b'e an aon rud a b' fheàrr ann an droch shìd an fhoghair anmoich so, nach robh a bheag de ghaooth an ear againn. Tha a' ghaoth an ear an diugh, is chan 'eil a' ghaoth an ear maith do dhuine no do ainmhidh; cuiridh i greann orra, is ni i cas agus crosda iad.

Tha i air a h-ainmeachadh anns a' Bhiobull an iomadh àite, a' seargadh chraobh is mheas, agus a' toirt locuist do'n tir, ach rinn i maith do chloinn Israeil aon uair co dhiu, an oidhche a thug an Tighearn air an fhairge dol air a h-ais le gaoth làdir o'n ear, agus a roinneadh na h-uisgeachan, agus a chaidh iad thairis air an fhairge le casa tioram.

Chan aithne dhomh ach aon searmon anns a bheil a' ghaoth an ear air a h-ainmeachadh, searmon a bha air a chur a mach leis an Ollamh Seòras Moireasdan an Glaschu. B'e an ceann-teagaisg, "Chaisg e a' ghaoth gharbh ann an là na gaoithe an ear" (ISAIAH xxvii. 8), agus ma's maith mo chiuimhne, is e an teagascg a' thug e as, nach leig Dia le shluagh a bhi air an sàruchadh le uile thrioblaidean na beatha so aig an aon àm. Is leòr do là na gaoithe an ear a' ghaoth an ear fhéin.

Theagamh gu bheil cuimhne agad, a leugh-adair, mar bha R. L. Stevenson air a shàruchadh leis a' ghaooth an ear an làithean òige, an Dùn-éideann, agus a' ghràin uamhasach a bha aige oirre. Ged nach 'eil e ceart dhuinn a bhi a' gearan air an t-sid, a chionn gur e Dia a tha 'g a deanamh, faodar a ràdh co dhiu gu'n do theab gaoithean cruaidh biorach Dhùn-éideann R. L. Stevenson a mharbhadh 'n a bhalach, agus mar sin gu'm faodar a lethsgul a ghabhail air son

nam briathran nimheil anns an do mhallaich e sid Dhùn-éideann.

Rinn Teàrlach Kingsley crioman gasda de bhàrdachd, a' moladh na gaoithe an ear, ach bha Teàrlach Kingsley 'n a fhìor dhuin-usasal, is tha amharus agam gu'n do mhol e i a chionn gu robh daoine eile ga diomoladh. An déidh a bhàis, thubhairt an t-Ollamh Stopford Brooke, "Rinn Teàrlach Kingsley òran gun tùr, a' moladh na gaoithe an ear, ach dhearbh ise nach 'eil innte ach an droch bhiast, oir mharbh i an duine laghach a mhol i."

An uair a shéideas a' ghaoth o'n ear bhiodh e glic do theaghlaichean agus do choimhearsnaich faidhidinn agus gliocas agus ciùine a thasgaadh suas 'n an cridheachan a dh' fheitheamh air an droch nàdur a bheir i 'na lorg, dìreach mar a bhios ciobairean air a' mhonadh agus daoine a tha fuireach anns na h-eileanan, no an àitean iomallach, a' cur luim air stòr a' gheamhráidh fhaotainn m' am bris air an t-sid. Eirigh tonn air uisge balbh; am fear no an té a tha cho ciùin ri Maois, no cho réidh ri Isaac, cho fad's a tha a' ghaoth o'n deas no o'n iar, fàsaidh iad cho eas greannach rithe fhéin an uair a tha a' ghaoth o'n ear, is bheir iad dhiot an t-sròn, ma their thu dad 'n an aghaidh. Sin an t-àm anns a bheil feum aig daoine air faidhidinn agus air gliocas. Tha a' ghaoth an ear a' deanamh uiread aimhreit ann an teaghlaichean agus eadar rioghachdan 's gu'm feuchainn, na'n robh mi rud beag na b' òige, ri comunn tr a chur air chois, a chuireadh as i uile gu léir. Gheibhinn a h-uile duine anns an t-saoghal os cionn dà fhichead bliadhna air mo thaobh, ach tha eagal orm nach leanadh an òigradh mi, oir is coma leò-san ciod an taobh as a bheil a' ghaoth a' tighinn, o'n iar no o'n ear. B' fheàrr leò-san ceannard air chor-eigin eile a leantuinn, a rachadh romhpa air ghaisge.

*As gach taobh an séid a' ghaoth  
Is caomh leam fhéin o'n iar i*

## Aig an Uinneig

An t-Ollamh W. P. Paterson

LE bàs an duine ghaolaich so chaill eaglais na h-Alba an diadhair a b' ainmeile a bha agaunn anns a' ghineal so; sgoilear barraichte, fearteagaisg maith, agus duine cho iriosal 's a bha riamh 's an eaglais. Bha e air a chumadh ann am molldair dha fhéin, agus ge b'e àite anns an suidheadh e, b'e sin an t-àite ris an tionndadh a h-uile stùl. Bha gathan soluis 'na inntinn agus salann 'n a labhairt nach robh ann an

intinn no ann an labhairt neach eile an Albainn, air chor agus gu'n tigeadh aoibh air aodainn an luchd-éisdeachd 'nuair a dh' éireadh e a' labhairt, co dhiu a bhiadh e a' labhairt anns an Ard-Sheanadh, no anns an Oilthigh, no aig cruinneachadh-mór ann an Talla-baile. Bha inntinn aige gu nàdurra anns an robh talamh domhain agus reamhar; fad uile làithean a bheatha bha e a' cur siol maith inntne, is dh' fhàs an siol sin agus dh' abuich e gu toradh

trom. Bha àite dha fhéin aig W. P. Paterson anns an eaglais agus ann an cridheachan mhinis-tearan ; bha meas agus gaol againn uile air nach robh againn air gin eile a dh' aithrichean na h-eaglais, ach cha d' fhuair e meas no gràdh nach do làn thoill e. Bha e ainmeil mar sgoilear agus mar dhiadhair, mar shearmonaiche agus mar fhear-labhairt, ach na b' fheàrr na sin air fad, bha e cho iriosal agus simplidh 'na dhòigh-ean ris na páisdean. Tha mi an dùil gu'n euala mi a h-uile sgoilear no diadhair a bha ann an Albainn anns a' ghineal so a' bruidhinn, uair no uaireigin, ach rachainn na b' fhaide a dh' éisdeachd W. P. Paterson na rachainn a dh' éisdeachd gin dhiubh, a chionn gu robh coinneal 'n a intinn agus lasag bheò 'na anam nach fhaicear ach annamh anns an t-saoghal so. Tha fhios agam gu maith gu'n téid obair na h-eaglais air a h-aghaidh as aonais, ach air a shon sin saoilidh mi nach fhiach dhomh dol do'n Ard-Sheanadh tuilleadh, agus gun esan ann.

### Obair mhaith

Do dhuine air bith aig a bheil meas air ealain is grinneas tha e 'n a thoileachadh mór obair mhaith a mholadh. Sin an t-aobhar gu'm bu mhaith leam aire mo luchd-dùthcha a tharruing

gu leabhar ùr a thàinig a mach o chionn ghoirid, bàrdachd Iain Mhic Codrum, air a dheasachadh agus air a chur an òrdugh le sgoilear òg, Uilleam Mac Mathain, M.A.

Chan 'eil mi a' dol a ràdh dad mu bhàrdachd Iain Mhic Codrum ; seasaidh ise i fhéin an àite air bith an cuirear i, ach a thaobh saothair Uilleam Mhic Mathain anns an leabhar so, their mi gu'n do rinn e obair a tha snasmhor agus fhaicail, obair air a bheil dreach na sgoilearachd agus na céille. Agus ciod an clùas a àirde na sin ?

Tha iomadh là o nach do làimhsaich mi leabhar Gàidhlig a thug uiread toileachaidh dhomh 's a thug an leabhar so ; na'n robh Iain Mac Codrum beò, bhiodh e mór as fhéin a bhàrdachd fhaicinn ann an deise cho riomhach.

Bu mhaith do sgoilearan òga anns a' Ghàidh-ealaichd an leabhar so a leughadh gu cùramach, chum 's gu'm faiceadh iad ciamar is còir dhaibh dol an caraibh oibre de'n t-seòrsa so. Tha ealain an fhior fir-ceairde air làmh Uilleam Mhic Mathain ; leis a' cheud bhuille bhuail e an tarrang air a ceann. Eadar e fhéin agus muinnitir a' chlòdh, thugadh dhuinn leabhar cho gasda anns gach dòigh 's a làimhsich mi riagh.

## Laoih

LE GILLEASBUG DÒMHNULLACH, CEANN-A-BHAIGH, AN UIDHIST

O MOLAM, molam Iosa,  
Mo Shlànuighear ro chaomh ;  
O molam E gu siorruidh,  
'S e choisinn dhòmhsa saors'  
Bho'm pheacaidhean bha lionmhòr,  
'S bho'm chionta bha cho mór,  
Car son nach mol mi Iosa  
'S nach tugaim dhàsan glòir !

Bha mi aig àm a' smaointinn  
Gu'n saoradh m' oibríbh mi,  
Cha robh an sin ach faoineas  
'S cha d'fhuair mi fois no sith,  
Thug Dia dhomh solus teàrnaidh,  
Mo Shlànuighear 's mo Rìgh,  
Gu'n cheannaich E dhomh slàinte  
Le bhàs air Calbhari.

Ma tha thu sgìth le saothair  
'S le d'uallaichean gun fheum,  
Cuir bhuit an obair fhaoin sin  
'S iarr seòladh spiorad Dhe ;  
Bheir E dhuit eòlas aoibhneach  
Mar chrionnaich Criod gach ni  
Le fhulangas 'na d' àite  
Is gheibh thu fois is sith.

Nach ann an sud bha 'n t-iongnadh,  
Gu'n tàinig Dia 'san fheòil !  
Is ghabh air féin ar nàdur,  
Ar n-àmhgharan 's ar leòn,  
A choimhlionadh a' gheallaichd  
Thug E do dh' Adhamh féin,  
Gu'n spìonadh E bho 'n nàmhaid  
An àireamh bh' anns an réite.

O thig a dh' ionnsuidh Iosa  
'S na dean-sa maill no dàil,  
Mu'n tig am bàs 'g adiaraidh  
'S gu'n càill thu là na slàint' ;  
Tha 'n t-siorruidheachd neo-chriochnach,  
Tha Dia làn iochd is gràidh,  
Do'n dream a ghabh ri Iosa  
'S cha diult E dhaibh a ghràs.

Bidh iad air uairean iosal  
Fo innleachdan 's fo bhuaidh  
An spioraid neòghlan truaillidh  
Dh' fhàg an saoghal cho truagh,  
Ach buidheachas do'n Ard-Rìgh,  
Tha iocshlaint ann bho shuas,  
'S 'nuair lùbas iad an glùin ris  
Gu'n teich an nàmhaid bhuap'.



## Herod agus Eoin a' Bhaistidh

*"Bha eagal Eoin air Herod, air dha fios a bhi aige gu'm bu duine ceart agus naomh e, agus 'nuair a chual e e rinn e móran de nithean air a chomhairle, agus dh' éisd e ris gu toileach."*—MARC vi. 20.

NACH b' fhada o chéile an dithis ud! fada  
No chéile ann an sealladh dhaoine, ach na b'  
fhaide o chéile ann an sealladh Chriosd.

Cha robh ann an Eoin a' Bhaistidh ach duine  
bochd; duine gun fhonn, gun fhearrann, gun  
airgiod; ach bha e saoibhir a thaobh Dhe, is  
thubhairt Criosd uime, nach do rugadh le  
mnaoi neach a bu mhò na Eoin.

Bha Herod 'n a dhuine mór, agus o dhaoine  
móra; bha fonn, is fearann, is beartas aige, ach  
thubhairt Criosd nach robh ann ach an sionnach.  
Agus cha mholadh air duine air bith "sionnach"  
no "madadh-ruadh" a ràdh ris.

Ged a b' fhada o chéile an dithis so, cho fada  
's nach b' ann anns an aon t-saoghal a bha iad  
a' gluasadh, bha meas aig Herod 'n a chridhe air  
Eoin, oir bha fhios aige gu maith gu'm bu duine  
le Dia e, is bhiodh e a' dol 'g a éisdeachd a'  
searmonachadh. Chan e a mhàin gu'm biodh  
e a' dol 'g a éisdeachd, ach bhiodh Facal an  
Tighearn a bha Eoin a' labhairt a' druidheadh  
air, oir rinn e móran de nitibh air a chomhairle,  
agus dh' éisd e ris gu toileach. Ach cha robh ann  
an cridhe Heroid ach fearann creagach; ged  
a ghabhadh e ris an t-siol mhaith le gairdeachas,  
cha robh an siol a' freumhachadh ann gu ceart,  
is dhichiuimhnicheadh e gu luath na böidean a  
dh' ioc e do Dia fo shearmonachadh Eoin.

### Am Facal Beò

Tha cumhachd ann am Facal an Tighearna  
nach 'eil ann am facal dhaoine. Ciod air bith  
a their daoine eile, tha mise a' creidsinn le m'  
uile chridhe gur e aon de na h-aobharan air  
an eaglais a bhi cho diblidh anfhan 's a tha  
i, nach 'eil i ag uisneachadh gu ceart na meadhonan  
dligheach a thug Dia dhith air son a  
h-oibre anns an t-saoghal, Fhacal fén agus  
ùrnuigh, an dà mheadhon-gràis leis an robh an  
Spiorad Naomh riabh ag oibreachadh. Is e  
Facal Dhe claidheamh an Spioraid.

Chuala mi o chionn ghoirid searmon gun  
uiread agus ceann-teagaitsg, gun aon lide ann  
de litir an Sgrìobtuir, no eadhon gu robh a  
leithid de leabhar agus am Biobull ann. Tha  
an seòrsa searmonachaidh so a' fas ro chumanta  
an diugh air feadh na dùthcha uile, ach chan  
ann le seanchas no le beachdan dhaoine,  
air cho pongail no cho ciallach 's 'g am bi  
iad, a bhriseas Dia sios na nithean a tha 'g  
an àrdachadh fén an aghaidh a rioghachd

ach le Fhacal fén. "C' àite a bheil an duine  
glie? C' àite a bheil an sgrìobhaiche? C'  
àite a bheil deasboir an t-saoghal so? Nach  
do rinn Dia gliocas an t-saoghal so amaideach?  
'N uair nach b' aithne do'n t-saoghal, tre  
għliocas, Dia, bu toil le Dia le amaideachd an  
t-searmonachaidh iadsan a theàrmadh a tha a'  
creidsinn."

Chan urrainn searmonaiche Facal Dhe a  
làimhseachadh no roinn gu cothromach gun  
reusonachadh ri daoine mu fhireantachd, agus  
mu pheacadh, agus mu'n bħreitheanas; rud  
a rinn Eoin a' Bhaistidh an uair a thubhairt e  
ri Herod nach robh e ceadichte dha bean a  
bħrathar a bhi aige. Air cho cruaidh 's 'g am  
bi eridhe a' pheacaich, no air cho maol 's 'g  
am bi a choguis, bioraidh an fhirinn iad.

### Droch bħoirionnach

Ach ged a bhean an fħirinn ri coguis Heroid,  
chuir a bhean Herodias roimhpe Eoin a chur  
as an rathad, oir bha ġarda oirre gu'n għabbad  
a leithid-san air fén ise a chronachadh. Tha  
ċarda mnatha uaibhrich chó neo-iochdmhor  
ris an uaigh.

Na'n robh Herod 'n a dhuine glic no 'n a  
duine diadhaidh dh' fhaodadh e co-ainm a  
lā-breith a chumail ann an dòigh a b' fheàrr na  
'n dòigh anns an do ghħléidh e e. Ach cha robh  
Herod 'n a dhuine glic, is idir idir cha robh e  
'n a dhuine diadhaidh, agus mar sin rinn e  
cuirm mhór do uaislean agus do mhaitean  
Għalile, cuirm aig an robh droch dħeireadħ.  
Feumaidh gu'n deachaidh a cheann air aimhreit  
leis an fliongħ agus leis a' ghleħħdraiħ, oir  
mħionnaich e d'a dħalata-niġħiñ, a rinn dann-  
sadh mosach beag-nārach air a bħeulaibh, gu'n  
tugħadħ e dhi ni air bith a dh' iarradħ i air, gu  
leħħi a riogħachd. Thubhairt a mħathair ritħe,  
"Iarr ceann Eoin a' Bhaistidh." Ach cha ruig  
mi leas an còrr innseadh; tha an naidheachd  
oilltei a' criochnachadh anns an dòigh chiùn  
shàmhach sin anns a bheil am Biobull daonnan  
a' cur nithean móra fa'r comhair; "an uair  
a chuala deisciobuil Eoin sin, thайнig iad agus  
thog iad a chorġ agus chuir iad ann an uaigh e."  
Sin agad an rud ris an abrar "gun ghuth mór  
no droch fħacal," agus sin agad an dòigh  
anns a bheil an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobha-  
dh. Anns an Tiomnadh Nuadh chan 'eil  
eadhon naidheachd a' Cheusaidh air a h-in-

seadh le teas no le ochanaich ; chan 'eil droch fhacal air a ràdh eadhon mu Iudas, is cha mhò a tha faireachduinean an luchd-leughaidh air an riasladh le cainnt làdir ; tha na soisgeulaichean ag innseadh gu ciùin sàmhach ciod a thachair, agus a' leigeil leis na nithean a thachair an teachdaireachd féin a liubhairt do gach neach a leughas no chluinneas.

### Fuaim duilleig

Tha an sean-fhacal ag ràdh, " Dean an t-olc is fan ri dheireadh " ; rinn Herod gu h-olc, is b'e bu deireadh dha gu robh Eoin a' Bhaistidh a' tighinn edar e's a chadal ; bha amharus aige gu robh e a' tighinn air ais. An uair a chuala e gu robh cuid de'n t-sluagh an dùil gur e aon de na seann fhàidhean a bha ann an Criost, thubhaint e, " Is e Eoin a tha ann, d'an do chuir mise an ceann ; tha e air éirigh o na mairbh."

*Is gealtach fear na droch choguis*

" *Tha pian 's an eagal.*" —1 EOIN iv. 18.

" *Teichidh an t-aingidh, gun neach a bhi an tòir air.*" —GNATH-FHACAILL XXVIII. 1.

" *Cuiridh fuaim duilleig air chrith air theicheadh iad.*" —LEVIT. XXVI. 36.

" *Tha na h-aingidh cosmuil ris a' mhuij bhuaирte nach h-urrainn a bhi aig fois.*" —ISAIAH LVII. 20.

### An Fhìrinn

(1) Faodaidh eagal agus uamhunn a bhi air duine, ach gun aithrechas a dheanamh. Chan e mhàin gu'm faca Herod Eoin a' Bhaistidh ach chunnaic e Slànuighean an t-saoghail cuideachd, ach ged a b' aithne dha an Solus, ghràdhach e an dorchadas, a chionn gu robh a ghniomharan ole, is air a' cheann mu dheireadh chaidh e d'a àite féin, ciod air bith àite a chuir ar n-Athair naomh agus tròcaireach a mach dha.

(2) Ma rinn Herod eucoir air Eoin, rinn e cron bu mhò air féin. Sin mar a tha a' tachairt daonnan. Chan fhiach an cron as urrainn daoine eile a dheanamh oirnn a bhi a' bruidhinn air, an coimeas ris a' chron a ni sinn air ar n-anam féin.

(3) Shaoil Herodias gu'n cuireadh i as an t-sealladh nithean a bu mhaith leatha a bhi as an t-sealladh, leis a' cheann a thoirt bhàrr Eòin. Ach cha ghabh an Fhìrinn tioldhlacadh no foluch. Mar tha Pol ag ràdh, " Chan urrainn sinn nì air bith a dheanamh an aghaidh na firinn, ach air son na firinn." Aon uair dh'

fheuch an saoghal ris an Fhìrinn a chur fo'n talamh, is chuir iad luchd-faire air an uaigh, ach thàinig an Fhìrinn a mach le buaidh, le cumhachd na beatha shiorruidh a tha innte. Thig agus falbhaidh clann-daoine ; éiridh agus tuitidh rioghachdan ; siùblaidh aon ghinealach is thig ginealach eile na h-àite, ach smuain, no beachd, no eòlas, anns a bheil firinn, cha searg iad gu bràth ; bithidh iad cho maireannach ri righ-chaithir Ichobhah.

(4) Bu mhò an t-olc a rinn Herod leis a' bhoidh a thug e do'n bhan-damnsair a chumail na dheanadh e le dol an cois a' gheallaidh. Chaidh e ceàrr ann am breitheanas, ach ged dh' fheuchadh e ri chur mar fhiachaibh air féin nach faodadh e mar dhuin-usal dol an cois fhacail, tha mise cinnteach, o'n eòlas a tha agam air mo chridhe cealgach féin agus air cridheachan dhaoine eile, nach e a *mhionnan* a thug air a gheallaadh a chumail, *ach eagal roimh na compaicha a bha'n an suidhe còmhla ris, agus a chual e a' toirt dhi a' gheallaidh.* Ma gheall duine rud no neacach a dheanamh, chan 'eil e ceàrr dha an gealladh sin a bhriseadh. Ma shaoileas e gu bheil, is e an t-aobhar gu'n do chuir oleas a chridhe agus a dheanadair sgleò air a choguis. Tha am peacadh a' deanamh sin daonnan ; a h-uile ceum a ghabhas tu anns a' pheacadh théid thu na's dòimhne agus na's dòimhne anns an làthaich. Chan ionghadh idir ged a thubhaint an Salmadair uime " slochd uamhuinn " agus " clàbar làthaich."

(5) Tha e mar fhiachaibh air duine seasamh ri gheallaadh ged bheireadh sin calldachd shaoghalta air. Sin aon de chomharraighean an duine dhiadhaidh, a réir na coigearm salm deug, " a mhionnaicheas chum a challdachd féin, agus nach atharraich." Co ris a theireadh tu " duine maith ? " Nach abradh tu " duine maith " ris an duine so :

    An ti a għluuas gu treibhdhireach,  
    Is ionracas a chleachd,  
    Labhrs an fhìrinn sin a mach  
    A ta 'na chridhe steach.

    An ti nach dean air neach air bith,  
    Cùl-chàineadh 'm feasd le bheul,  
    Nach dean aon lochd d'a choimhearsnach,  
    'S nach tog air fòs droch sgeul.

    A ni trom-thailceas air an daoí ;  
    Ach urram dhaibh a bheir  
    D'an eagal Dia, 's nach caochail mionn  
    Ged thigeadh calldachd air.

### Ciod e an Soisgeul ?

ANNS an àireamh mu dheireadh fhreagair A triùir mhiniestarán a' cheist a bha air a cur thugam le " duine gun ainm " ; aon á Siòrramachd Rois ; aon á Ionar-nis ; agus aon á

Earra-Ghàidheal. Anns an àireamh so tha i ri bhi air a freagairt le dithis mhiniestarán an Glaschu, air a bheil luchd-leughaidh nan duill-eagan so gu maith eòlach :

An t-Urramach Tomas M. Mac Calmain, M.A.  
Eaglais Chaluim-cille, an Govan.  
An t-Urramach Iain Mac Aoidh, M.A., Eaglais Iain  
Knox, an Glaschu.

\* \* \* \* \*

(Le Tomas M. Mac Calmain, M.A.)

Tha am facial *soisgeul* air a chleachadh anns an Tiomnadh Nuadh ann an trì seaghan co dhiu. Tha e a' ciallachadh (1) eachdraidh Chriosd, agus (2) teagastg Chriosd, agus (3) fiosrachadh nan creidmheach air éifeachd agus beannachd Chriosd 'n an anam. Tha na trì seaghan sin an dàinmh ri chéile, agus tha an soisgeul anns gach seagh agus innleachd na sláinte gu léir air an sumadh suas 's an earrann mhóir so : " Is ann mar sin a ghrádhach Dia an saoghal, gu'n tug e aon-ghin Mhic Féin, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige " (Eoin iii. 16). Tha dà fhírinne shònraichte an sin—(1) Tha na h-uile feumach a bhi air an saoradh o chionta, agus o chumhachd, agus o pheanas a' pheacaidh, agus (2) chan 'eil saoradh ann ach a mhàin tre chreideamh ann an Iosa Criosd. A dh'aindeòin atharrachadh bheachdan agus dhòighean-labh-airt o linn gu linn, tha an dà fhírinne sin gun atharrachadh agus gun àiceadh. Chan 'eil sláinte ann an cuspair sam bith eile, agus cionnus a théid sinn as ma ni sinn dimeas air sláinte cho mór ?

Cha ghabh eadar-dhealachadh a chur eadar Iosa am fear-teagaig, agus Criosd air a cheusadh, agus Criosd a tha beò gu siorrhuidh. Is iad sin an t-aon Phearsa Ghlormor, Iosa Criosd an dé agus an duagh agus gu siorrhuidh an tì ceudna. 'S ann ris an làn-Chriosd ann an nile ghlòir a Phearsa, agus uile éifeachd oibre a tha ar gnothach. Na bi eur dealachaидh eadar an obair chriochnaichte agus an Tì a chriochnaich an obair.

Ciamar a nis a ni thu gnothach ris an Fhearsa shaoraidh ? Nach e so brigh do litreach—" Ciod a ni mi chum 's gu'n teàrnar mi ? " " Creid anns an Tighearna Iosa Criosd agus teàrnar thu." Tha dà sheòrsa creidimh ann, creideamh inntinne agus creideamh cridhe. Tha feum air an dà sheòrsa, ach is e creideamh cridhe (no earbsa) a mhàin an creideamh sláinteil. Tha creideamh inntinne leis fhéin gun mhath, ach chan urrainn creideamh cridhe a bhi ann mur am bi creideamh inntinne ann cuid-eachd. " Is eigin do'n tì a thig a dh'ionnsaidh Dhé a chreidsinn gu'm bheil e ann agus gur e an Tì a bheir duals do'n dream a dh'iarraas e gu dichiollach." Ach ged a bhitheadh tu fad do bheatha a' creidsinn gu'm bheil Dia ann, cha shaoradh sin thu mur cuireadh tu t' earbsa ann tre Chriosd. Tha móran cheistean ann air nach fhaigh sinn solus anns a' bheatha so co dhiu, ach buidheachas do Dhia chan ann tre

eòlas a tha sinn air ar saoradh ach tre ghràs ; agus is e creideamh-cridhe (no earbsa) cofhreagairt ar cridheachan do'n ghràs a dh'fhoillsicheadh dhuinn ann am pearsa agus obair Chriosd.

Cha chreid mi, a charaid, gu'n gabh thu gu h-olc e ma their mi so : " Am miann leat a bhi air do dheanamh slàn ? " B'e sin ceist Chriosd ris an duine euslan aig lochan Bhetesda. Bha am fear sin ochd bliadhna deug thar fhicheadh ann an euslaint, agus fad na h-ùine bha meadhon-leighis f'a chomhair. Saoilidh mi gu'n robh dà lethsgaile aige, lethsgaulan a chluinnnear tric aig daoine a tha uine mhór fo éisdeachd na firinn agus Facal Dhé f'an comhair, agus iad fhathast gun a bhi air an saoradh. Chan eil Dia a' cur an uisce troimh chéile tric gu leòir, agus ged a bhitheadh an t-uisce air a chuir troimh chéile chan eil daoine eile 'g an euideachadh a steach do'n mheadhon-leighis. Ma tha neach fhathast gun sláinte 'n a spiorad, na bitheadh e a' cur coire air Dis, no air daoine eile, agus a' gearan nach d'fhuair e cothrom riamh. Cluinneamaid Criosd ag radh mar so : " Chan e cion-cothroim a tha ort, a dhuine, ach cion-toil ; am miann leat a bhi air do dheanamh slan ? "

Facal 's an dealachadh. Is e an crann-ceusaidh air a chrùnadh le glòir na h-aiseirigh teas-meadhon innleachd na sláinte, 'ach tha caochladh dhòighean agus caochladh fhiosrachaidhean tre am bheil daoine a' ruigheachd Chalbhari. Air mo shon fhein, cha chuimhne leam àm 'n am bheatha anns nach robh buaidh aig teagastg Chriosd orm, agus anns nach robh tlachd agam ann an Iosa o Nasaret, ach cha d'rinn sin réidh ri Dia mi, 's cha tug e sith dhomh. Bha agam ri dhol fad na slighe le Criosd agus mi fhéin earbsa ris gu h-ionmlan. Cha thug mise, no duine eile, gu bràth diomhaireachd na réite, ach is aithnè dhomh éifeachd Chriosd mar an Tì a tha 'g ar deanamh réidh ri Dia. Ged a dh'fhaodas tu a bhi ann an ceò, a charaid, nach aidich thu gu'm bheil beagan soluis agad ? Bi umhail do'n bheagan soluis a tha an sin, agus gabh an ath-cheum a tha e a' nochdadh dhuit, agus chan eagal duit.

\* \* \* \* \*

(Le Iain Mac Aoidh, M.A.)

Ciod e an soisgeul ? Cha tu a' cheud fhear, no am fear mu dhereadh, air an robh agus air am bi so 'n a cheist. Cha mhò a tha e furasda freagairt a thoirt ann am beagan bhriathran do cheist cho mór. " Tha an t-eòlas so ro iongantach, agus tha e cruaidh ormsa ; cha ruig mi air, oir tha e àrd r'a thuig-sinn." Tha e coltach gur e eòlas mu Dhia a chuir uiread de dh' iongantas air an t-salmadair, agus anns an t-seagh as fharsuinge, 's e sin an

soisgeul, *eolas mu Dhia*, ach mar tha sinn a' gabhail an fhocail ann an latha an Tiomnaidh Nuaidh, 's e gu h-aroidh éolas mu Dhia mar tha E air fhoillseachadh ann an Iosa Criosd a tha am focal "Soisgeul" a' cur fa'r comhair. "Dhuibhse" arsa Criosd "dh' fhoillsicheadh rùn-diomhair rioghachd Dhe." Chan 'eil teagamh nach fhaod sinn a bhi a' deanamh an t-soisgeil na's diomhaire na tha e, mar tha daoine gu tric a' deanamh, agus is e sin a tha fàgail móran dhaoine gun aideachadh, ged nach 'eil iad idir gun chràbhadh. Tha Criosd ag ràdh "Is ann mar so a ghràdhach Dia an saoghal, gu'n tug E aon-ghin Mhic féin chum 's ge b'e neach a chreideas ann nach sgriosar e ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige." Sin fad agus leud agus dòimhne agus àird gràidh Dhe, gràdh mór, tiодhlac (no iobairt) mhór, cùmhnhant mó, agus cròch mhór. "Is ràdh fior so," arsa Pol, "gu'n d' thàinig Iosa Criosd do'n t-saoghal a theàrnadh pheacak, d' am mise an ceud fhear." "Chuir mi romham," arsa esan, "gun èolas a ghabhail air ni sam bith 'n ar measg ach Iosa Criosd agus Esan air a cheusadh." The "innleachd" na sláinte, air an tug thu ionradh agad ann an sin. Tha lagh agus ceartas Dhe ann an sin. Feumaidh sinn a chuimhmeachadh ge ta, gu'm beil innleachd na sláinte na's asoda na an lagh. Thugadh an lagh air son eusontais; cha robh ann ach meadhon a chleachd Dia air son daoine a thoirt air ais gu bhi deanamh a thoile. B'e an lagh ar n-oide-fhòglum, 'g ar treòrachadh gu Criosd. Tha an *gealladh* na's sine na an lagh. "Mus robh Abraham ann tha Mise," agus "ma's le Criosd sibh, sibh siol Abrahaim gun amharus, agus is oighreachan sibh a réir a' Gheallaidh." Nis, tha againn an sin teagasc Chriosd agus teagasc nan abstol mu *innleachd* na sláinte, ach an dean *ùmhachd do theagasc* Chriosd a mhain, an duine a theàrnadh? Cha dean idir, mur 'eil an *ùmhachd* sin a' tighinn o chreideamh ann an iobairt-réitich Chriosd air son pheacak. Cha bhiodh ann an *ùmhachd* gun chreideamh ach *ùmhachd* laghail

no litireil a mhàin, agus marbhaidh an litir, ach bheir an Spiorad beatha. Feumaidh *ùmhachd* do theagasc Chriosd a bhi ann gun teagamh, ach 's e *ùmhachd* a bhos a' sruthadh o Spiorad Chriosd. Feumaidh sinn a bhi umhail aig amannan do dhaoine anns nach 'eil earbsa againn, agus do laghanan anns nach 'eil sinn a' creidsinn, ach chan e sin fior *ùmhachd*. 'S e an *ùmhachd* as àird *ùmhachd* do dh' Aon anns am beil earbsa againn, agus gu sònraichte do 'm beil gràdh againn, agus is e sin an *ùmhachd* a shaoras do bhrigh 's gu'm beil spiorad siorruidh Chriosd ann. "Co tha daoine ag ràdh is Mi?" Bha am beachdan féin aig gach neach, Elias, Ieremiah, no Eoin Baiste, ach chaidh Criosd na b' fhaide na sin leis a' cheasnachadh, agus dh' fhiosraich E "Ach co tha sibhse ag ràdh is Mi?" "Is tu Criosd," fhreagair Peadar "Mac an De bheò." Is e sin earbsa, agus far am beil earbsa bidh *ùmhachd*. "Shaor lagh spiorad na beatha ann an Iosa Criosd mise o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis." Tha am facial "lagh" anns an earrainn so a' ciallachadh "riaghlaidh" no "làthaireachd." "Fhuair sinne aithne Air," thuirt aon de na h-abstoil, "agus chreid sinn an gràdh a thug Dia dhuinn." Tha earbsa a' tighinn o èolas. Is ann *le ar cioll a dh' fheumas sinn earbsadh ann an Criosd anns a' cheud àite, a réir mar a theòdraicheas Spiorad Dhe sinn*, agus thig dearbhachd ar creidimh an lorg sin, agus is ann mar sin a thig fior *ùmhachd* do theagasc Chriosd. Cha bhiodh ann an *ùmhachd* gun earbsa ach *uallach* agus *eagal*, agus tha pian's an *eagal*. Tha *ùmhachd* 'na thoradh air fior earbsa ann an iobairt Chriosd. Cha ghabh an soisgeul a bhi air a roinn; tha iomadh taobh air, ach tha e fior gur e latha an t-soisgeul do'n anam an latha a dh'earbas e ann an iobairt-réitich Chriosd. "Ciod a ni mi chum 's gu'm bi mi air mo theàrnadh?" "Creid anns an Tighearna Iosa Criosd, agus bidh thu air do theàrnadh." "Ma chreideas tu," thubhairt Criosd ri duine roimhe so, "tha na h-uile nithean comasach dhasan a chreideas."

## Anns a' Chathair

THA an càirdeas mar a chumar e; ma tha bàigh agus coibhneas 'n ad chridhe is annamh seachduin a théid seachad nach feum thu litir a sgriobhadh gu caraid no ban-charaid air chor-eigin air an tāinig calldachd, no aig a bheil cridhe goirt. Tha cuid de dhaoine ann d'a bheil e furasda an seòrsa litreach sin a sgriobhadh, oir tha ealain aca gu nàdurra air comhfhurtachd a thoirt d' am bràithrean; daoine d' an ainn gu dligheach clann Bhàrnabais. Ach tha daoine eile ann d'a bheil e cho duilich litir-chomhfhurtachaidh a sgriobhadh 's

gu'n cuir iad dàil anns a' ghnothuch, is theagamh gu'n tig an dàil gu dearmad. Ach ma tha bròn ann an tigh do charaid, no ma thàinig call no driod-fhortan air, cuir thusa litir-ghaoil chuve, ged nach biodh intte ach ficead falac, agus na facail sin fhéin mabach. "A bhi 'g an cuimhneachadh 's 'g an ionndrainn," sin fior chomharaidhean a' chàirdeis; is ged nach abradh tu ri d' charaid ach a mhàin gu bheil thu a' cuimhneachadh air 'na trioblaid, is fhiach dhuit sin fhéin a ràdh. Agus ma dh' fhaoidte gu'n gabh an Spiorad Naomh am builionn beag sin, agus

gu'm meudaich agus gu'm beannaich e e air dhòigh nach tuig thusa no mise. Tha an càirdheas mar a chumar e, agus is e a' cheud lagh ann an riaghailtean a' chàirdeis gu'n ruigeadh do chas no do litir tigh do charaid ann an là a dheuchainn.

### Litir gu màthair

Bha Abraham Lincoln, Ard-Riaghlaire America, 'n a dhuine mór agus 'n a dhuine simplidh gu'nàdura ; uasal leis an uaisle sin a gheibhearr daonnan ann an daoine aig a bheil cridhe ionraic agus gaolach. An àm a' chogaidh a bha eadar na Staidean mu Thuath agus na Staidean mu Dheas an America sgriobh e an litir so le làimh fhéin gu màthair a chaill còignear mhac.

" Tha fear de chomanndairean an airm air innseadh dhomh gu'n do chaill sibh coignear mhac anns a' chogadh. Tha 'ur call-se, a bhean, cho mór agus cho goirt's nach biodh ann dhòmhnsa ach faoines a bhi an dùil gu'n aotrunaicheadh briathran mo bheòil léon 'ur cridhe-se. Ach o dhiu bu mhaith leam a ràdh ribh, nach e a mhàin gu bheil mi fhéin, ach gu bheil ar Tir agus ar Dùthaich uile fo fhiachan trom do na gilleann agaibh-se nach do shòr am beatha a thoirt seachad air son na còrach. Gu'n tugadh ar 'n Athair nèamhaidh clos do 'ur cridhe briste ; an uair a bhios sibh a' cuimhneachadh agus ag ionndrainn nan gilleann gaolach a chaili sibh, tha mi an dòchas gu'n cuimhnich sibh cuideachd gu bheil aobhar agaibh a bhi mór asaibh fein agus sona gu'n do leag sibh tabhartas agus iobairt cho luachmor air altair na saorsa."

Cha bu duine briathrach a bha ann an Abraham Lincoln, ach bha e 'na dhuine caomhail gu'nàdura, agus 'na dhuine firinneach, agus is e sin an dà rud as feumaile dhuit a bhi annad ma bu mhaith leat comhfurtachd a thoirt do neach eile, firinn agus caomhalachd.

### Driop an t-saoghail

Anns na làithean so tha sgriobhadh-litrich-ean air dol as an fhasan; tha driop an t-saoghail, a' chairt-phosta, agus an telephon, air litrichean (anns an t-seagh cheart) a chur as cho buileach 's a chuir iad as na sìthichean cheana. Ann an litreachas nan linntean a dh' fhalbh chan 'eil oisean idir as guirme no as foisneachaile na 'n t-oisean anns am faighear na litrichean a bha air an sgriobhadh le daoine aig an robh ealain air seanchas maith a dheanamh air paipear. An uair a bhios mi a' leughadh eachdraidh-beatha dhaoine móra saoilidh mi nach 'eil blas idir air an leabhar mur bheil cuid mhaith e "litrich-ean" ann, litrichean nach robh air an sgriobhadh gu bhi air an cur an clòdh, ach a bha air an sgriobhadh gu bhi air an leughadh le aon

duine, caraid no ban-charaid air chor-eigin ris am faodadh am fear a sgriobh iad labhairt gu saor, mar a labhras tu ri caraid aig taobb an teine mu gach ni a thig 'n ad cheann. Chan 'eil iùne aig daoine an diugh air litrichean de'n t-seòrsa sin a sgriobhadh; chan ann a dheanamh seanchais a ghilcas iad am peann, ach a dh' iarraidh rud-eigin a tha dhìth orra, no a dh' fhioighneachd ceiste air chor-eigin, is tha an litir cho maol agus cho neo-phearsanta ri litrichean a' bhuinn-a-sé a bhios sinn a' faontainn o mharsantan. An uair a leughar an seòrsa so cuirear anns an teine iad, an rud a tha iad a' toilltinn.

### Beniamin Franklin

Anns an linn anns an robh Abraham Lincoln beò bha Americanach eile ann aig an robh ealain a b' fhèarr air litrichean a sgriobhadh na bha aige-san, Beniamin Franklin ; duine iongantach ma bha e riamh ann. Bha seachd duine deug cloinne aig a mhàthair ; b' esan a' chòigeamh duine deug. Cha robh e ach dà bhliadhna ann an sgoil uile gu léir, agus aig dà bhliadhna dheug a dh' aois, chuireadh a dh' ionnsachadh ceairde e, ach a dh' aindeòin nach d' fhuair e cothrom 'n a òige bha e mu dheireadh am measg nan daoine a b' aimmeile anns an t-saoghal, agus cho comharrachte ann an rioghachd an Eòlais 's gu'n do ghabh àrd-sgoillearan Bhreatuinn a steach e ann an Comunn Rioghaill Lumnainn m' an robh e leth-cheud bliadhna, Comunn nach fosgail a dhorsan ach do phrionnsachan an Eòlais. Chan e mhàin gu robh Franklin 'n a dhuine fiosrach, ach fhuair e a mach iomadh rud ùr air nach robh fhios idir gus an d' fhuair esan a mach iad ; chuir e clachan ùra ann an Teampull an Eòlais a tha dol suas troimh na linntean.

Anns na deich leabhraichean móra anns a bheil sgriobhaidhean an duine so air an cruinn-eachadh còmhla gheibhearr a' chuid mhór de na litrichean a sgriobh e, ach bu mhaith leam aon té dhiubh a chur sios air an duilleig so, litir a sgriobh e gu ban-charaid an uair a shiubhail a bhràthair, Iain.

" Chaill sinn duine gaolach, ach ann an cursa nàduri feumar an corp bàsmhor a chur dhinn 'nuair a tha an spiorad a' dol a steach do'n bheatha a tha romhainn. Chan 'eil anns an t-saoghal so ach àite-còmhnuidh air son iùine bhig, àite-còmhnuidh anns a bheil sinn 'g ar n-ullachadh air son na fior bheatha, is faodar mar sin a ràdh nach 'eil duine air a bhreith gu h-iomlan gus am faighe bàs. Carson, ma ta, a bhithreamaid a' caoidh gu'n deachaidh spiorad Iain a steach do chomunn sona nan daoine neo-bhàsmhor.

" Na ghliocas agus 'n a choibhneas thug Dia corp talmhaidh dhuinn rè ar cuairt anns an t-saoghal so, a chionn gu bheil e comasach

dhuinn aoibhneas agus èolas fhaotainn air thalamh tre bhuadhan a' chuirp, agus obair is caidreamh an t-saoghal a chur air aghaidh, ach cho luath's a tha e a' fas duilich do'n chorp a chrioch àraidh a choimhlionadh, cho luath's a tha e a' fas 'na uallach agus 'na dhragh an àite a bhi 'na mheadhon solais, tha Dia'n a ghliocas agus 'na choibhneas a' toirt saorsa dhuinn bhuaith anns an dòigh a dh' ullacha e féin. Is e an dòigh sin am bàs. Nach 'eil sinn a' bàsachadh ann an tomhas le ar toil fhéin, iomadh uair re ar cuairt air thalamh! An làmh no a' chas a tha air a ciùrradh cho dona's nach gabh i leigheas gearraiddh tu dhiot i air ghaol do bheatha a chumail; an fhiacal anns a bheil goirteas dealaichidh tu rithe gu toileach, a chionn gu bheil am pian a' falbh leatha.

"Tha sinne agus Iain a' dol do 'n aon àite, ach bha esan deas romhainne, is dh' fhalbh e an toiseach. Chan 'eil e comasach dhuinn no freagarrach dhuinn falbh còmhla, ach car son a bhithearmaid ri bròn, oir tha fhios againn, gu'n lean sinn esan, is tha fhios againn c' aite am faigh sinn e?"

Theirinn gur e an rud as fheàrr anns an litir chaomhail so, *gu bheil smuainteann inntte a bheir taic do'n inntinn*. Tha inntinn mhic an duine ag iarraidh sin, is theagamh gur e an t-aobhar nach 'eil daoine ag éisdeachd ris an eaglais an diugh, gu bheil an eaglais fhéin ann an ceò, agus nach 'eil dad aice ri ràdh ris an taicich an inntinn.

Ged nach buin diomhaireachd an t-saoghal eile do'n eaglais, oir chan 'eil sin air fhoillseachadh ach ann an tomhas beag, buinidh e do'n eaglais an saoghal eile a chumail an còmhnuidh an cuimhne dhaoine, agus buinidh e dhi labhairt riu an còmhnuidh *air mhodh spioradail*. A réir m' fhiosrachaidh agus m' eòlais air

daoine, gu sònruchté air ministearan, agus foirbhich, agus luchd-comanachaидh, theirinn gu bheil cuid aig a bheil inntinn spioradail, agus barrachd aig nach 'eil an inntinn sin idir. Chan abrainn gu bheil an fheadhainn aig a bheil an inntinn spioradail na's *fheàrr* na càch anns an dòigh anns a bheil an saoghal a' ciallachadh *duine maith* (glé thrie tha iad fada na's miosa), ach their mi gu bheil iad 'nan luchd-treòrachaidh ann an nithean spioradail na's cinnliche na càch.

Tha an saoghal làn an diugh de dhaoine maith; daoine ceart, daoine ciùin, daoine iriosal; daoine coibhneil a bheireadh dhuit an dara tasdan a tha 'n am pòca, agus nach abradh droch fhacal no nach innseadh breug air son an t-saoghal, ach air a shon sin uile chan 'eil inntinn spioradail aca, *agus cha bhi gu bràth*. Sin na daoine as toigh leinn uile, agus as toigh leis an t-saoghal gu sònruchté, ach a cheart cho luath's a thòisicheas iad air bruidhinn air nithean spioradail tha e soilleir eadhon do'n duine nàdurra nach 'eil an *inntinn spioradail* aca, agus gu bheil iad ann an ceò coltach ris fhéin. Agus tionndaidh iad air falbh, is siùbhlaidh iad shios is shuas ag iarraidh neach air chor-eigin as urrainn facal beo a labhairt riu a chionn gu bheil inntinn spioradail aige. Rud a tha glé neònach, cho neònach's gu bheil e a' togail cheisteann nach 'eil mise a' dol a dh' fheuchainn ri fhreagairt, faodaidh an duine sin a bhi 'na dhuinne greannach croadsa, nach 'eil an dara leth cho mathis ris an fheadhainn d'a bheil e a' fosgladh dhorsan agus uinneagan ann an saoghal nan spiorad. "Is ann air mhodh spioradail a thuigear nithean spioradail; bheir an duine spioradail breith air na h-uile nitibh, gidheadh chan 'eil e féin fo bhreith duine sam bith."

## Aig an Uinneig

An t-Urramach Iain MacLeod, O.B.E.

**L**E bàs Iain Mhic Leòid, a bha ann an Eaglais Sràid Hope, an Glaschu, chaill an Eaglais Shaoir aon de na ministearan a' fheàrr a bha intte; duine maith, agus duine làidir, air am bi ionn-drainn, chan ann a mhàin anns an Eaglais Shaoir ach anns a h-uile eaglais shoisgeulach an Albainn. O chionn trì no ceithir de bhliadh-nachan chuala mi e a' searmonachadh air feasgar Sàbaid comanachaидh am Baile-macarra, an Loch Aillse, is theòidh mo chridhe an dà chuid ris an teachdaire agus ris an teachdaireachd. Bha e greis an Urrath an siorramachd Rois, agus greis an Dòrnach, m' an deachaidh e do Ghlaschu, is bha e fo dheagh chliù mar dhuine túrail agus mar mhini-stear

soisgeulach anns a h-uile àite anns an do shaothraich e riagh. An àm a' chogaidh bha e anns an Fhraing le réiseamaid Ghàidhealach Shiphort, is bhithinn a' cluinn-tinn gu robh na saighdearan anabarrach toigheach air. Bha coltas duine air, is bha facal duine aige; bha fhios aige daonnan ciod a bha e a' dol a ràdh.

Rinn an Eaglais Shaoir Moderator dheth gu maith òg, ach cha do mhill sin e, is cha do thog e speuran a chinn. Bha e 'n a dhuine iriosal agus 'na dhuine companta gu nàdurra. Ann na bliadh-nachan mu dheireadh bha e air cheann na h-oibre a tha an Eaglais Shaoir a' deanamh anns na dùthchanna thall, obair a ni eridhe agus inntinn na feadh-mach aig a bheil làmh inntte farsuingeachd an t-soisgeil.

Bha Iain Mac Leòid pòsda ri nighean do'n

Ard-Urramach Dòmmhnall Mac Gill-Eathain,  
D.D., an Collaist na h-Eaglaise Saoire.

### Eideard Roberts, M.B.E., M.A.

Bha móran mhiniestearan òga anns a' Ghàidh-ealtachd anabarrach duilich a chluimintim gu'n do shiubhail Mgħr. Roberts, maighstir-sgoil Chinn-Għiubhsaich, aig deireadh Ianuari. Leig i e dheth a dhreuchd o chiomn beagan bhliadh-nachan, ach cha d' fhàg e Cinn-Għiubhsaich, is chuir e seachad feasgar a làithean far an do rinn e obair a bheatha, a' meatlatann gean-maith agus fàbhar a choimhhearsnach agus a sheana sgilearan.

Ged nach robh mise riāmh ann an sgoil Chinn-Għiubhsaich b' aithne dhomh Mgħr. Roberts gu maith, is bhithinn a' tadhall air a h-uile uair a rachaċċin do Chinn-Għiubhsaich, oir bha meas mór agam air fhéin, agus air an obair a bha e a' deanamh. Cha robh suim aige do ni fo'n għar-riġiun aħi, b'e an sgoil a shaogħal, agus a riogħgħad, agus a thlachd; a bhean agus a phāisdean, a phioġġ agus a thombacea, is bha a bhuiġ ann; cha robh sgoil eile d'a meudachd an Albainn a chuir uiread bhalach do'n Oħlitho o chiomn còrr agus dà fhichead bliadhna's a chuir sgoil Chinn-Għiubhsaich. Bha cothrom maith aice gun teagħamh leis na *bursaries* leis an robh an t-Ollamh Coinneach Mac Coinnich, agus 'na dhéidh-san, an t-Ollamh Dugħall Mac Phàrlain, a' eruinn-eachadh bhalach as għach ceàrn de'n Ghàidh-ealtachd, agus as na h-Eileanan, do sgoil Chinn-Għiubhsaich, ach mur birodh Mgħr. Roberts n'a maighstir-sgoil maith, agus 'n a fñior charaid do na balaċċi sin, cha rachadħ cūid mhaith dhiubh na b'fhaide na Cinn-Għiubhsaich fhéin.

Cha robh Mgħr. Roberts leasg e féin, is cha bu toigh leis leisg ann an daoine eile, is cha mhò a bha e a' creidsinn gu'n téid aig bixxidh air Laidionno no Grēgis ionnsachadh gun deoři gun dragh. Ma chūm e srònān nam balach ris a' chloich-għeuraċċaidh, cha tug e dad asda nach tug e as a bhodhig fhéin; naomhaċċa e e féin air sgàth na sgoile, anns an t-seagh gu'm b'e an sgoil agus obair na sgoile a cheud smuain agus a smuain dħiereannach a h-uile là d'a bheatha. Dh'fhaodadħ e a ràdh mar thubħair Pol, "Aon ni tha mi a' deanamh." Air eagħi a dhilseachd do'n sgoil a roinn ri ni eile, dh'fhan e gun phosadh gus an do leig e dheth a dhreuchd. Phos e nigħeñ do'n Ollamh Coinneach Mac Coinnich, is bha e anns na bliadhnan mar dħieireadħ saor agus sona, a' għairilearachd agus a' toirt air criomjan beag fearainn tighinn fo bħlħaq mar an ròs.

Bha e 'n a fhoirbheach an eagħla is na sgħire. Bha e 'n a dhuine sàmhach, tosdach; gun rabbart, no uaill, no gaol air na caithrichean ārda, ach air a shon sin bha fħios againn uile nach robh duine eile an Cinn-Għiubhsaich a bha a' deanamh obair cho maith ris.

### Obair mhiorbhuiileach

Chunnaic mi ann am paippear an là roimh gu'n do chaοħajjal Mgħr. E. Dwelly, am fear a chuir a mach "Faclair Gàidhlig le dealbhan," an 1918. Ged nach aithne dhomh dad uime ach a mhàin na dh' fhaodas duine air bith fhaicinn anns an Fhaclair so, bu mhaith leam an obair mhiorbhuiileach a rinn e ainmeachadh air an duilleig so. An uair a thòsīch e air an obair cha robh falċ Gàidhlig aige; cha mhò a bha móran airgid aige, is tha mi an duil nach robh a shuilean làdir, ach dh' ionnsaich e Gàidhlig, is lean e air le dīchioll is diorras neo-chumħa, gus mu dħiereadħ an do chriċċoħna e a shaothair an 1918, saothair a bu leōr do thriūiur. Chan e mhàin gu'n do chruinnich e á leahbraichean eile na facail a chuir e anns an Fhaclair so, ach is e fhéin a chuir an clòdh iad le lāmħ fhéin, ann am beaġt a cheannaich e air son a' ghnothuwich. Ma tha an clòdh meanbb, is e an t-aobhar nach robh e murrach air clòdh a bu għairbha a cheannach.

Chuala mi duine no dhà a' cur obair Mgħr. E. Dwelly an suarachas a chiġġi nach 'eil anns an leahbar ach comħ-chruinneachadh sguaban á móran aħċaidhean, ach bu mhaith leamsa m' ad a chur dħiom agus mo cheann a chromadħi aig uaiġ an duine, a thoirt urraim d'a dħiċċioll, d'a dħealas, agus do'n edħas a chruinnich e.

Tha iomadħu rud maith agus rud neònach anns an Fhaclair so nach fhaigħear an àite air bith eile, gun rannsachadh a dħeanamħ air a shon a għabbaħu tħin. Ann am Faclarean Gàidhlig eile chan fhaigħi thu ach aon sareħ mu fħacail chumanta mar tha each, no tigh, no bata, ach chan e mhàin gu'n toir Mgħr. E. Dwelly dħuit dealbh an eich agus dealbh bata, ach innsidh e dħuit an t-ainm a tha air għach ball de'n each o mhuing gu earball, agus an t-ainm a tha air għach maide ann am bata o h-żurlar gu bär a' chroim. Tha sé taobħan-duilieg aige mu bħata, agus os ciġġi trè ficead dealbh, ach bu duine tioram agus bu duine maol a dh' iarradħ air E. Dwelly a sheanħas a għiorrachadħ. Tarruġġe an t-siūl spreċċid, sgħid an t-siūl-thoisich; cluas an t-siūl-mheadħoin; glas a' chroim; fliech-bħord; aparan-deiridh; rämb-bragħad, agus ficeadan a dh' ainmean de'n t-seċċora sin, cò eile ach duin-usal mar bha Mgħr. E. Dwelly a' smuainicħeadd idir air an toirt dħuit fo'n fħacal bata!

Ann an deireadħ an leahbar chuir e sħios a h-uile ainm-àite an Albainn a b' aithne dha ann an Gàidhlig, is faodaidħ mi a ràdh gur tric a bha mi 'n a chomain air a shon so. Ach feumaidh duine a bhi daonnan 'na earalas, oir cha robh E. Dwelly 'n a urrainn chinntach.

Ach cha robh ceann no erioch aig dīchioll an duine; le dīchioll charaich e beanttan as an àite, is choisinn e dha féin meas agus deagħ-geħan nan uile dhaoine aig a bheil grainair leisg.

### An Siorram nach maireann

Le bàs an t-Siorraim, Iain Mac Mhaigstir Caimbeul, chaill a' Ghàidhealtachd aon de na daoine a bu chomharrachte innse anns a' ghineil so, fear-dùthcha maith agus fior dhuine còir.

An uair a thàinig *Achd nan Croitearan* a mach, agus a bha na màiil a bha iad a' pàidheadh air am meas as ùr, bha e 'na fhear-lagha òg anns an Oban, far an d' fhuaire agus an do ghabh e cothrom air taobh nan croitearan a sheasamh gach uair a bhiodh cùis air bith a bhuineadh dhaibh air beulaibh na cùirte. Sin mar fhuaire e an t-ainm a bha air anns na bliadhnanach sin an Earra Ghàidheal agus anns na h-Eileanan, "Iain nan Croitearan."

Uile làithean a bheatha bha iùigh aige ann an cànan ar dùthcha cho maith ri iùigh a bhi aige ann an cor saoghalta ar sluaigh, is bha e 'n a fhear de'n fhcadhainn a' chuir air chois an Comunn Gàidhealach, obair cho maith 's a rinn e riamh. Bha e greis 'n a Cheann-suidhe air a' Chomunn, agus b' annamh Mòd aig nach faicteadh e air cheann na cuideachd.

Ged nach robh e 'n a sgoilear Gàidhlig bha eòlas farsuing aige air eachdraidh na Gàidhealtachd agus air cor an t-sluagh. Bha e 'n a fhear-seanchais gasda, làrn àbhacais, agus làrn de naidheachdan beaga laghach, gun ghò, gun ghat, mu dhaoine néonach a thachair air anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-eileanan, agus mu nithean néonach a chual e iad ag ràdh anns a' chìurt no aig taobh an teine. Bha mi aon uair a' gabhail an aiseig còmhla ris eadar an Tairbeart agus Port Ascaig, is bha a chomunn cho tlachdmhor agus cho sunndach 's nach fairichinn an t-slighe fada ged a ruigeamaid Halifax.

Bha e air a ràdh gu robh eòlas maith aige air an lagh, ach mar Shiorram cha robh e cruaidh no teann ; mheasgadh e ceartas le tròcair.

Bho chionn bhliadhnanachan chuir e a mach as ùr an leabhar a sgrìobh Niall Mac Néill, LL.D., mu litreachas na Gàidhealtachd, is chuir e fhéin crioman ùr ris, ag innseadh mu'n adhartas a thàinig air cor na Gàidhlig ri linn a' Chomuinn Ghàidhealaich, eadar 1903 agus 1928.

Bha e 'n a dhuine glic ; glic 'n a chomhairle, glic 'n a theangaidh, agus glic 'n a chaitheamh-beatha ; duine làdir anns an robh taic is cur-a-mach.

### Orain na Céilidh

Bha na deich òrain so (naoi òrain Ghàidhlig agus aon òran Beurla) air an deanamh le Aonghas Mac Dhonnachaiddh, Sgitheanach a bha aon uair 'na Cheann-suidhe air a' Chomunn Ghàidhealach, agus air a bheil a h-uile duine anns a' Ghàidheatlachd eòlach, is tha iad a nis air an cur a mach ann an leabhar bòidheach le fuinn agus ceòl air a dheasachadh le làmh no bhàrdachd.

Is e na bàird sàr-dhaoine an t-saoghal so ; an uair a bheirear dhaibh na ceud-chaithrichean chan 'eilear a' toirt dhaibh ach an t-àite a bhuineas dhaibh gu dligheach le còir nàdurra. An coimeas ris na bàird chan 'eil ann an sgoilearan, no ann an seanchaidhean, no ann an luchd-gràmair, ach luchd-gearraiddh-fiodha agus luchd-tarruингuisge.

Aithnichear an leòmhann air sgrìobh a h-ionga ; ged nach 'eil móran shreathan anns an leabhran so uile gu léir, tha cuid dhiubh sin anns a bheil an anail a tha air a séideadh o shuas.

Is e a' choire as mò a gheibhearn ann an òrain Ghàidhlig agus ann am bàrdachd na Gàidhealtachd, gu bheil iad am bitheantas lom is tana, gun a' bheag anna air an greimich an inntinn. Sin an t-aobhargur fheàrr leinn a bhi 'g an eisdeachd air an seinn seach a bhi 'g an leughadh gu sàmhach dhuinn fhéin. Tha an ceòl coltach ris a' ghràdh, cuiridh e folach air lochd agus lomnochd.

Ach chan 'eil a' choire sin air na h-òrain so. Tha biadh do'n inntinn anna air maith ri ceòl do'n chluais. Ged is tric a chuala mise, "Tha 'n Samhradh air tighinn," air a sheinn (agus cha chuala mi riamh e gun iarraidh a bhi agam air a chluinntinn a' ris) is fheàrr leam a bhi 'g a leughadh, no ag àithris nan rannan dhomh fhéin, seach a bhi 'ga chluinntinn air a sheinn. Tha a h-uile rann a' cur dealbh bòidheach fa chomhair na h-inntinn, air an greimich i agus anns am faigh i sòlas.

Tha fior anail na bàrdachd anns an leabhran so ; ged nach sgrìobhadh Aonghas Mac Dhonnachaiddh dad eile ach tri no ceithir de na h-òrain a tha anns an leabhar, dhearbhadh sin fhéin gur ann de chuideachd uasal nam bàrd e. Is e dearbhadh na bàrdachd a blas ; aithnichear i mar a dh' aithnichear a' mil, air a blas.

## An t-ionmhas flor

LE ALASDAIR STIÙBHARD, AN OBAR-PHEALLAIDH

**S** diomain glòir an t-saoghal,  
Caochlaideach is carach,  
Bhios a' mealladh cloinn nan daoin  
'N an tòir air maoin is earras.  
Ged fhaigh iad beartas móir,  
Is sòlasan rè seallan,

Thig deuchainnean 'n an còir  
Bheir sios am mòr-chuis ealamh.

'S e 'n gliocas do gach aon  
'Bhith an tòir air saibhreas maireann  
'S bhi tasgaidh suas dhaibh fhéin  
Fior ionmhas àrd, am Flaitheas.



## Dòchas a' Chriosduidh

*Tha fios agam gu bheil m' fhear-saoraidh beò.*

—Iob xix. 25.

*Car son a tha sibh ag iarraidh an tì a tha beò am measg nam marbh.*—LUCAS xxiv. 5.

*Dh' éirich an Tighearn da rìreadh, agus chunnacas le Simon e.*—LUCAS xxiv. 34.

*Beò dhòchas tre aiseirigh Iosa Criod o na marbaibh.*—1 PEAD. i. 3.

*Air do Chriosd éirigh o na mairbh cha bhàsaich e na's mò.*—ROMAN. vi. 9.

*An t-Iosa so thog Dia suas, air a bheil sinne uile 'n ar fianaisean.*—GNÌOMH. ii. 32.

**C**IOD a dheanamaid gun dòchas na beatha maireannaich? Gach seachduin d' ar beatha tha sinn a' faicinn cuideigin d' ar cairdean no d' ar coimhlearsaich air an sineadh anns an uaigh; mur biodh dòchas na beatha maireannach againn, bhiodh am bàs na's goirté na tha e, is blitheamaid truagh da rìreadh. Ach eadhon aig bruach na h-uaigne tha aobhar againn gun a bhi ri bròn mar dhaoine aig nach 'eil dòchas, an uair a chluinneas sin na briathran so, briathran aig a bheil soisgeul agus aiseirigh Chriosd mar acraichean làidir,

*Ann an dòchas cinnteach na beatha maireannach, tha sinn a' tasgadh anns an uaigh corp bàsmhor ar bràthar, a tiomadh a dhùslach do'n duslach as an d'thàinig i, agus a' tiomadh a spioraid dhuitse, Athair na tròcair, tre Iosa Criod ar Tighearna, a chruth-atharraicheas ar corp dàibh, chum gu'n deanar e comh-chosmhail r'a chorpa glòrmhor fein, a réir an oibreacaidh leis a bheil e comasach air na h-uile nithean a chur fo cheannsal fein.*

So dòchas àite nan anma naomh o'n Slànuighear caomh an tràth-s' A thug an Spiorad dhaibh maraon, mar sheul is earlais gràidh.

B' àbhaist do'n diadhair urramach, an t-Ollamh Seumas Denny nach maireann, a bhi ag ràdh, nach ann idir air aithris a bu chòir Creud na h-eaglais a bhith, ach air a sheinn, is tha de mheas agamsa air Seumas Denny's nach lean mi air m' aithris bhochd fein air soisgeul na h-aiseirigh; leigidh mi leis an luchd-leughaidh a sheinn. Agus tha de mheas agam air Isaac Watts's gur e té de na laoidhean aige-san a roghnaicheas mi gu bhi air a seinn, ged tha gu leòir de laoidhean eile, ùr is sean, freagarrach aig Féill na Càisge.

*Fàilte do'n là 's an d' éirich Criod le cumhachd nìos o'n uaigh;*  
*S an d' fhuaire air gach uile nàmh, air ifreann, 's bàs, làn-bhuaidh.*

*Na leabaidh thosdaich anns an uir  
ghabh Righ nan dùl a thàmh,  
Gu ruig an treas là glòrmhor sin  
a shònraich e roimh làimh.*

*Chuir ifreann 's uaigh an làmh r'a chéil'  
'ga chumail shòis fo ghlaiss  
Ach bhris an gaisgeach dheth gach sàs  
is dhùisg e 'n àird gu cas.*

*Do t' ainm ro àrd, a Thriath nam buadh,  
gach uair bheir sinne clùi;  
S le 'r n-ait Hosana fàiltichidh  
an là 's an d' éirich thu.*

*Slàinte is clùi gun chrich d' ar Dia,  
an Triath le 'n d' shaoradh sinn;  
Dha seinneadh nèamh, is fonn, is cuan  
gach uair Hosana bhinn.*

*Do'n Ath'r, do'n Mhac, 's do'n Spiorad Naomh,  
an t-aon Dia beò is fior  
Biodh glòir mar bha, a ta, 's a bhios  
o so a mach gu sìor.*

## Sgeul á Eilean Cholla

LE EACHANN MAC DHÙGHAILL, AN GLASCHU

**B**HA an duine so, ris an abaire Uilleam Mac Uisdein, ann an cogadh Napoleon, cha mhór bho a thoiseach gu a dheireadh. Is e Uilleam Mac Aoidh a b' ainm dha, ach leis gur e Uisdean a b'ainm d'a athair, cha d'fhuair e bho mhuinnitir an àite riamh ach "Uilleam Mac Uisdein." Bha a bhantrach beò 'n am linn fein, agus mar an ceudna nighean dha. Bha e fein agus aon

eile ris an abaire "Iain Mór Pensioner" air cho aimmeil de mhuinnitir an eilein 's a bha anns na cogaidhean móra ud idir, agus bu liomhlor na sgeòil a bhiodh aca air gach gàbhádh anns an robh iad.

An uair a bha Uilleam so 'na bhalach beag tha e coltach gu'n robh e fior bhòidheach, is fhalt 'na dhualagan càsgrach m'a chluasan.

Aon latha a bha an sin chaithd e a stigh do thigh aon de na coimhearsnaich, agus có a bha a stigh roimhe ach boireannach a bha air a cumntadh car ana-eneasda, agus aig an robh buadhan sònrachte nach robh aig daoine eile. Mur e taibhsearachd a bha aice, cha robh e dad na bu mhi-thairbhiche ann am fiosrachadh a thoirt dhi air na nithean a bha gu tachairt anns an ám dhoilleir a bha fathast air chùl nan sgàil.

An uair a thainig Uillean beag a stigh chaithd e a null far an robh am boireannach so, agus theann ise ri a meòirean a thoinneamh m'a fhalt, ri a cheann a shliogadh agus ri a shlinneanan a chlapadh. " Mo chreach, mo chreach ! " arsa ise, " nach bu mhór am beud gu'm biodh d'fhalbh bòidheadh fathast, an rud a bhithes e, air a thoinneamh is air a shuaineadh an luib feamaun is lionraich a' chladaich ! "

Cha d'hubhairt i an còrr, ach osna thùrsach a leigeil aisde. Cha mhò a thubhairt aon de na bha mu'n cuairt nì ; ach ghabh iad geurbheachd air na briathran a thubhairt am boireannach, is ehum iad féin is gach aon a chuala mu'n cuairt orra cuimhne orra. Agus bha an giollan e féin aig aois is gu'n do ghabh e beachd air na briathran, is chùm esan mar an ceudna cuimhne orra.

Co-dhiùbh, dh'fhàs e suas, agus an uair a bha e 'na ghille òg, is cogadh Napoleon 'na sheusdar, e'aité an do thog e ceann ach anns an arm. Chan 'eil cinnt agam air co-dhiùbh b'ann le a thoil féin a chaithd e ann no nach b'ann. Is dòcha nach b'ann ; ach tha sin taobh a mach de aobhar na sgeoil so. Bha e air a rádh gu'n robh " sèan " air Uillean Mac Uisdein, is nach rachadh a mharbhadh co-dhiubh ; ach is dòcha gur e so an aon sèan a bha air—direach gu'n d'hubhairt am boireannach a bha an sud briathran sònrachte a bha daoine a' deanaamh dheth a bhi a' ciallachadh gur e bòthadh, is sin bòthadh am buillsegin nan tonn, a bha gu bhi 'na dheireadh saoghal dha.

Bha Uillean ann an cogadh na Spàinnite, agus anns a' chuid mhòir de na blàir fhuitteach a chuireadh an sin. Bha e anns an ruaig cho math ri bhi ann an teas còmhraig leis na Frangaich a' gabhair an ratreut. Ann an ruaig aig Corunna (cho fada 's a dehanainn a mach mar a bha an sgeul air a h-innseadh, is e sin an ruaig a bba ann) bha na Breatainnich air an cur chuiige gu gàbhaidh, is na Frangaich air an sàiltean 'gan gearradh slos. Bha esan a' toirt fa-near aon sam bith a bha a' tuiteam an làmhan nam Frangach, beò no marbh, gu'n robh an euid aodaich is gach ni a bhiodh air an giùlan air a spùnnadh bhuapa ; agus glé thric bha a' bhèigeanaid 'ga sàthadh tromhpa air an aobhar a b' fhaoine.

Thuit do Uillean a bhi leòsan a bha air flor dheireadh na cuideachd, agus ciod air bith no ciamar a thàinig e mu'n cuairt, fhuair na Fran-

gaich eadar e 's an còrr, is bha a' choltas air gu'm biodh e air a ghlacadh no gu'n éireadh na bu mhiosa dha. A nis, bha e ag innseadh 'na dhéidh sin, cruaidh 'gan robh a shuidheachadh, an latha so cho math ri iomadh latha eile, nach d'thug e riamh suas a mhiseach is cuimhne aige air briathran na mnatha ud air an d'thug mi iomradh an uair a bha e 'na bhalach beag a' ruith mu na h-ursannan : bha e ri tighinn as a' ghàbhadh so fathast, agus ma's e bòthadh an luib na feumann a bha anns an dàn dha, b'fhadha bhuaithe an cladach air an robh a' chrìoch dheireannach a' feitheamh air aig a' cheart ám sin féin.

Is e a rinn e, matà, a chuid aodaich uile a tharruing dheth is leigeil 'na shineadh mar neach a bhiodh marbh, is bu lionmhor iad mu'n cuairt air a bha anns a' cheart sudheachadh sin da-ríreadh, gus an rachadh am beumsléibhe a bha aig a shàiltean seachad.

Chaidh dhà gu ro-mhat : cha d'thug na Frangaich suil air, agus an uair a chaidh a' bhuidheann sin seachad thruis e badan aodaich a chuir e uime, thug e aghaidh an Rathad a chaidh an còrr de a luchd-dùthcha, agus fhuair e iad gun an còrr driodart aig an ám sin.

Bha e uair eile agus bha e gu sniamhadh leis an acras. Bha buidheann eile, triùir no ceith-rear, co-dhiùbh, còmhla ris aig an ám so ; fhuair iad fasgadh ann an cùileig bhig de thigh, agus fhuair iad teine fhadadh. Ach aon ghréim bidh cha robh r'a chothachadh a bhriseadh cràdh-ghonadh an acras a bha 'gan líreadh.

Ciod air bith ciamar a thachair e, fhuair Uillean bochd gréim air luchaig bhig, agus ma fhuair, cha robh ise ri bhi air a leigeil ma-sgaoil mar a bha air a luigheasachadh do'n duil bhig a thachair air bàrd ainmeil Inbhir-Air an sgriob a' chrainn ! Ach is dòcha na'n robh an t-acras a' líreadh Bhurns mar a bha e ag gonad Uilleim Mhic Uisdein nach b'e cead a sbuibhail a fhuair i bhuaithe-san na bu mhò. Co-dhiùbh, dh'fheann Uillean an lucha, agus theann e r'a ròstadh ris an teine. Agus ged nach robh aige ach an lucha féin bha suilean a chompanach oirre, is farmad gu leòir ris air cheann na féisd a bha ri bhi aige ! Agus ciod air bith dé a thachair a thug air Uillean seall-tainn thar a ghualain, an t-ath-sealladh a thug e air a' ghriosach bha an luchag air shiubhal is i am beul fir eile ! Cha mhòr nach do chaoin e ; is a bhàrr air sin, mar a dh'innseadh e féin bitheanta gu leòir iomadh bliadhna 'na dhéidh, dhùraichdeadh e a bhiodag a chur gu a bun fo aisne an fhir a thiolp leis an luchag bheag !

B'iad so euid de gach iomadh cruadal troimh an d'thàinig Uillean Mac Uisdein an cogadh na Spàinnite ; agus is e am priomh aobhar a chionn mi bhith 'gan innseadh gu a thoirt fa-near, mar a thubhairt e féin iomadh uair,

a dh'aindeòin gàbhadh no cùil chumhang anns an robh e, nach do chaill e riagh a mhisneach nach faigheadh e a bheatha a theàrnadh asda gus an cuan is ròd na mara a thoirt a mach, is coinneachadh an sin r'a dhàn!

Chaidh erioch air a' chogadh mhór so aig blàr Waterloo; bha Uilleam an sin mar an cendna, agus fhuar e as gun driodart. An uair a ghairmeadh sith fhuar e pension, agus chaidh e dhachaidh do Cholla. Bha e a' fuireach ann an Tota-Raoghaill, is tha làraich an tighe anns an robh a chòmhnuadh air a chomharrachadh a mach gus an latha dingh. Bha e beò iomadh bliadhna an d'èidh Waterloo; bha eadhon cuid beò gus bho chionn fhior ghoirid aig an robh cuimhne air réidh gu leòr, agus bha mo mhàthair fèin air aon dhùibh.

Oidhche de na h-oidhcheannan, "oidhche chiùin, cheòtar," mar a bha na seann daoine ag innseadh, chaidh e gu carraig iasgaich an lochdar Thota-Raoghaill an geodha ris an abrar Grianaig. Thàinig àm tilleadh, ach cha do thill Uilleam Mae Uisdein. Dh'fhaladhna 'ga shiubhal, ach cha robb sgeul air, ach gu'n

d'huaireadh a shlat-iasgaich air snàmh dlùth air a' chridh air am b'Abhaist dha suidhe. "Choinnich Uilleam Mae Uisdein r'a dhàn mu dheireadh!" B'iad sin na briathran a bha am beul gach duine, agus mar a thubhairt b'Thòir!

An larna-mhàireachh fhuaireadh Uilleam Mae Uisdein air a bhàthadh ann an Grianaig Thota-Raoghaill; ach chan 'eil fios co-dhùibh a thuislich a cheum, a thug an rhid a mach e, no eiod mar a thachair e. Fhuaireadh a chorp anns an ròd, is feamainn fhuar a' chladaich suainte mu dhnualan glasa a chinn, mar a dh-innseadh 'na éisdeachd fèin is e 'na bhalachan beag, theagamh ceithir bliadhna no dlùth air roimh sin!

A nis, cha rò-sgeul so idir, ach an tul-fhìrinn. Bha daoine cho còlach air a bhi ag cluimtinн mu'n fhàisteachd a rinneadh 's a bha iad air a bhi a' chluimtinн gu'n robh a' ghrian ag éirigh is a' laighe. "Bha sèan air Uilleam Mae Uisdein, oir bha e r'a bhàthadh anns a' chuan!" Bha na briathran sin am beul gach duine; agus cha do chuir e iongantas air an t-saoghal orra an uair a thachair e.

## Anns a' Chathair

*Is diomhain dhuit a bhi toirt teugaisg  
do neach a chuir cùl ri èolas;  
Mar thionndas a' chòmh' air a bannaibh,  
pillidh an t-amadan ri ghòraich'.*

CHA chuala mi riabh ann an eaglais irluigh anns an d'aidhich am ministear gu'n deachaidh e fèin no daoine eile anns a' choimhthional air seachran le staleaireachd no le aineolas. Bithidh sinn ag aideachadh crua ar eridhe, laigse ar toile, oleas ar miannan, agus ag iarraidh air Dia maitheanas a thoirt dhunna air an son, agus euideachadh leinn buaidh fhaontainn thairis orra. Ach tha sinn uile a' tuisleachadh na's trice leis an fhòr staleaireachd, no le eion túir, na tha sinn a' tuisleachadh le oleas ar eridhe.

Ma tha fhios againn gu bheil ar riuntean maith, agus gu bheil iarraidh againn air cumail air slige na còrach, saoilidh sinn gu'm bi a h-uile rud a ni sinn ceart, agus sinn fèin neo-choireach, ciod air bith mar thionndas cuisean a mach. Ach ged tha e feumail *dhuinn fèin* ar riuntean a bhi ceart, agus ar eridheachan a bhi treibhdhireach, tha e na's feumala do *dhaoine eile* ar gniomharan a bhi ceart. Ma bhris am fear a thachair ort air an Rathad ann am *motor càr* do chas, a chionn nach b' aithne dha an carbad a làimhseachadh no stiùireadh, is coma dhuitse gu robh e gu h-onarach agus le uile chridhe a' creidsinn gu'n rachadh aige air rud a dheanamh nach b'aithne dha a

dheanamh idir. Is coma dhuit nach robh droch rùn dhuit 'n a chridhe, no nach ann 'na dheòin a ghoirtich e thu; bhiodh e na b' sheàrr dhuitse túr a bhi 'n a eanchainn a chumadh e o'n chliopaireachd a rinn eron ort.

### Amhlaireachd no peacadh

Ann an sealladh Dhe is maith do dhuine eridhe glan a bhi aige, agus spiorad ceart a bhi an taobh a stigh dheth, ach is maith do dhuine a dh' fheumas gnothuch a dheanamh mar choimhearsnach ri daoine eile a h-uile là d'a bheatha túr agus tuigse a bhi 'n a eanchainn. Mar sin tha e a cheart cho feumail dhunna bhi ag irluigh ri Dia gu'n tugadh e air falbh mainn ar eion-túir agus ar n-amhlaireachd 's a tha e a bhi ag irluigh gu'n tugadh e air falbh ar peacadhean, oir mar is trice is ann le eion-túir, no le aineolas, a tha sinn a' toirt oilbheim do dhaoine eile agus a' deanamh erois orra. Am peacadh d'a bheil sinn ciontach an aghaidh Dhe, no an eron a rinn sinn oirnn fein, tha sin eadar sinn fèin agus Dia; ach an stalcaireachd agus an eion-túir leis am bris sinn casan, no eridheachan, no teaghlaichean dhaoine eile, tha sin eadar sinn fèin agus ar braithrean, air

chor agus gu bheil e na's feumaile d'a choimh-earsnaich duine a bhi 'na dhuine túrail na e bhi 'n a dhuine diadhaidh.

### Eud gun eòlas

Tha fada barrachd de dhaoine maith anns an t-saoghal na tha ann de dhaoine túrail, is faodaidh daoine maith gu leòir de chron a dheanamh mur bheil eòlas agus gliocas aca. Ma b'fheàirr luchd-riaghlaidh an t-saoghal barrachd a bhi aca de 'n ghliocas a tha ri fhaotainn ann an eagal an Tighearna, b'fheàrr na naoimh barrachd a bhi aca de ghliocas an t-saoghal so. A h-uile seachduin chi thu anns na paipearan naidheachd, agus cluinnidh tu ann an cùbaidean, daoine maithe a' sgriobhadh agus a' labhairt, ag innseadh dhuinn cho furasda 's a tha e an saoghal a chur ceart, agus cùisean an t-saoghal a réiteachadh, agus sìth mhaireannach a dheanamh eadar na rioghachdan, na'n gabhamaid an dòigh cheart air. Their iad nach 'eil dòigh eile air ach an dòigh a bha aig Criod; gu'm biodh an saoghal aig fois na'n deanamaid uile toil Dhe; agus gu'm biodh leòmhann na h-Eadait agus uan beag laghach Bhreatuinn ag ionaltradh gu socruch cómhlà làimh ri uisgeachaibh ciùine na Mara-meadhonaich, na'n robh . . . (faodaidh tu féin, a leughadair, so a chriochnachadh). "Na'n robh b' fheàrr leam beò, is pòsda aig Mur-a-bitheadh, is iomadh rud a bha, is a tha, nach bitheadh."

Och, och, b' fheàrr gu robh cùisean cho furasda an cur ceart 's a bhios cuid de m' chàirdean ag ràdh, ach bheir mi air ais am falas sin, is abraids mi 'n a àite, nach b' fheàrr idir, oir na'n robh cùisean cho simplidh, agus cho soilleir, agus cho furasda an réiteachadh 's a tha na daoinne ud an dùil, cha b' fhiach do chreutair gaisgeil agus innleachdach mar tha mac an duine a bhi anns an t-saoghal so idir. Cha bhiodh foidhe ach itheadh, agus òl, agus cadal, gus am fàsad a' chuid a b' fheàrr dhiubh sgith de shuaimhneas nach 'eil uasal no Criod-sail, agus an iarradh iad air an companaich éirigh agus dol air ghaisge taobh-eigin.

### Doigh Chriosd

Tha e fior gun teagamh gu'm biodh nèamh air thalamh na'n robh sinn uile mar bha Criod, d' am bu bhiadh agus d' am bu dheoch toil an Athar a dheanamh, ach a cheart cho luath 's a fhoighnicheas tu, Ciod i toil Dhe? no ciod i dòigh Chriosd? tòisichidh an connsachadh, is fasaidh na *Pacifists* fhéin teth. Theagamh gu'n abair duine-eigin gur e toil Dhe ceartas a dheanamh agus sìth a ghràdhachadh, ach cha dean sin ach an connsachadh a dheanamh na's

teotha, oir an rud a tha an dara fear a' saoilsinn ceart tha am fear eile a' saoilsinn ceàrr. Tha dà mhile muillean duine an diugh a' bruidhinn mu chor an t-saoghal, agus trian mhaith dhiubh an dùil gu bheil fhios aca ciod a tha ceàrr, agus gu'n rachadh aca air na tha ceàrr a chur ceart na'n robh cothrom air a thoirt dhaibh, ach cho luath 's a thòisicheas iad air a ràdh gur e sud no so a bhiodh ceart a dheanamh, tòisichidh a' chomspoid, oir chan aontaich càch leò gu bheil iad ceart idir.

### Solus reusoin

Tha mi an dùil gu'm bu chòir do dhaoine a bhi a' sreachd agus ag ùrnigh air son tûir, agus tuigse, agus eòlais, agus solus reusoin, a cheart cho maith 's a bhios iad ag ùrnigh air son creidimh, no cridhe glan, no dearbhachd spioradail, oir is ann o Dhia a tha na gràsan sin uile a' teachd, agus tha iad uile a dhith oirnn ann an obair ar beatha; araon ann an seirbhis ar rioghachd thalmhaidh agus ar rioghachd nèamhaidh. Agus bu chòir dhuinn aideachadh do Dhia nach e rud eile a thug oirnn tuisleachadh an diugh agus an dé, no oilbheum a thoirt d' ar teaghlachean no d' ar eoinhearsnaich, ach cion tûir, amhlaireachd a dh' fhaodamaid a sheachnadh na'n do chleachas sinn ar n-eanchainn mar bu chòir dhuinn. The Dia ag oibreachadh anns an eanchainn cho maith 's a tha e ag oibreachadh anns an anam, is tha e mar fhiachaibh oirnn cùram a ghabhail d' ar n-eanchainn mar a ghabhas sinn cùram d' ar n-anam. Ciod air bith a their daoine eile, their mise o phiosrachadh mo bheatha féin gur e na mearachdan a bu mhò a rinn mi riagh, agus a bu mhò a chuir nàire agus aithreachas orm, mearachdan a rinn mi leis an fhòr stale-aireachd, a chionn nach do chleachd mi aig an àm m' eanchainn agus mo thùr. An uair a thachras sin thig duine chuige féin gu maith grad, ach theagamh gu bheil e ro anmoch agus gu bheil an crón deanta.

\* \* \* \* \*

Air ar turus anns an t-saoghal so is maith a' chombaisit do dhuine a thùr agus eanchainn féin; is ann o Dhia a tha an solus sin cho cinnteach agus is ann o Dhia a tha an guth a tha a' labhairt riut 'n ad choguis agus anns a' Bhiobull. C' àite a bheil an gàradh-crìche eadar t-eanchainn agus t' imntinn, eadar do thùr agus do choguis, eadar t' imntinn agus do choguis agus t' anam?

*Cia as a gheibhearr gliocas? agus c'áite a bheil ionad na tuigse? Ma tha aon neach agaibh a dh' uireasbhuidh gliocais, iarradh e o Dhia, a bheir do gach neach gu pailt, agus nach dean maoidheadh; agus bheirear dha e.*

## Anns a' Choille Bheithe

**T**HA dà leabhar anns a bheil nàdур agus toil agus rùinteán a' Chruiitheir air am foillseachadh, Leabhar a' Chruthachaidh agus Leabhar an Taisbeanaidh ; oibricean agus fhacal. Sin an dà dhòrhus air am faod sinn dol a steach do ionad diònmhair an Ti as àird, is tha iad le chéile cho soilleir agus cho farsuinn 's nach téid eadhon na daoine baoghalta air seachran, ma tha iad ag iarrайд na slighe gu h-iriosal agus le làn dhùrachd.

Tha na nèamhan a' cur an céill glòir Dhe agus na speuran a' nochdadhl gniomh a làmh. Tha lagh an Tighearn air a' sgrìobhadh air na creagan agus anns an iarmaitl cho cinnteach 's a tha e air a sgrìobhadh anns a' Bhiobull. Mar sin bu chòir dhuinn éisdeachd le airis na tha na daoine a tha a' rannsachadh oibricean Dhe anns a' Chruthachadh ag innseadh dhuinn mu na comharraidhean a tha iad a' faotainn air a ghliocas agus air a chumhachd, agus gu sòraichte ris na dearbhailean a tha iad a' faicinn gu bheil *aon* inntinn agus *aon* rùn ag oibreaghadh anns a' Chruthachadh uile. Theagamh nach 'eil luchd-ealain air uairean a' tuigsinn ciod a tha iad a' leughadh anns na creagan no anns na reultan, ach tha e a cheart cho fior nach 'eil na diadhairean air uairean a' tuigsinn ciod a tha iad a' leughadh anns a' Bhiobull. Ach air a shon sin, tha na reultan agus am Biobull a' toirt fiannis dhuinn mu Dhia, agus a' foillseachadh a thoile agus a rùinteán.

### Gun sùilean

An uair a fhreagair an Tighearn Iob as a' chuairean-ghaoith chroinnaich e e a chionn nach do ghabh e suim do nithean a bha mu choinneamh a shùl anns a' Chruthachadh, nithean o'm faodadh e ghliocas agus eòlas fhaotainn na'n d' thug e 'n aire.

*O thoiseach do làithean an d' thug thu àithne do'n mhàduinn? An d' thug thu fainear leud na talmhainn? An aithne dhuit reachdan nan néamh? An ceangail thusa ceanglaichean nam Pleiades, no am fuasgail thu ciurd Orioin?*

Tha eòlas air Dia ri fhaotainn o'n fhairge agus o na beanntan ; o thràthan na bliadhna agus o'n t-sìd ; o na h-eòin agus o na h-eisg ; o chreutairean snàigeach agus o na h-ainmhidhean. " *Thoir fainear an seangan, aleisgein; thoir an aire d'a shlighean, agus bi glic. Tha na seangan 'n an sluagh nach 'eil lädir, gidheadh ullaichidh iad am biadh 's an t-samhradh; tha na coineana 'n am muinntir nach 'eil neartmhor, gidheadh ni iad an tighean anns na creagan.*"

### Taobh na h-aibhne

Ged bhiodh Criod a' fosgladh nan Sgriobturan d'a dheisciobuil cha b' ann as na Sgriobturan a

tharruing e a' chuid bu mhò de 'n teagasg a thug e dhaibh, agus a tha a nis agamaine anns na soisgeulan, ach o oibricean Dhe anns a' Chruthachadh. Air uairean bhiodh e a' teagasg anns na sionagan, ach mar bu trice bhiodh e a' teagasg a mach air a' blàr, no 'n a shuidhe ann am bàta. Aig na h-amannan sin thogadh e imntinnean a chompanach o nithean nàdúrra gu nithean spioradail, le sheanchas mu chruth-neachd agus mu chogall ; mu earrach agus mu fhoghar ; mu chraobhan agus mu fhluaraichean ; mu eòin na coille agus mu chreutairean na machrach.

Ciod a theireadh muinntir Chille-sgumain na'n abradh an t-Urramach Niall MacPhàrlain, B.D., riu air maduinn Sàbaid, maduinn ghrianach ann an deireadh April, Thigibh agus théid sinn sios gu taobh na h-aibhne an diugh, is suidhidh sinn air réidhlean bòidheach, air chùl na gaoithe agus air aodann na gréine ?

Chan abrainn-sa gu'm bu chall air bith e do muinntir Chille-sgumain an eaglais a bhi dùinte air an t-Sàbaid na'n rachadh aig Niall MacPhàrlain air cosmhalaichdan a dheanamh mu bhric no mu bhradaoin air am biadh cumhne aig an ogha agus aig an iar-ogha. Ach tha an t-Urramach Niall Mac Phàrlain coltach ruinn uile ; thug e barrachd d'a èolas á leabhraighean na thug e as a cheann féin, barrachd o na sgrìobhaichean na o shùilean féin, agus mar sin tha e na's phasa dha searmon a liubhairt ann an cùbaid na seanchas mu Dhia a dheanamh ri taobh na h-aibhne.

### Anail chaomhail an Earraich

Tha an là air sineadh, an talamh a' dùsgadh as a chadal, agus anal bhlàth an earraich air m' aodann anns a' Choille Bheithe an diugh. Tha marbhantachd a' gheamhraidh air a chiosnachadh le cumhachd na beatha a tha teachd o theas na gréine, agus m' an tig Dì-dòmhnaich Càsg bithidh an aon sgeul 'ga h-innseadh air feadh na Coille Bheithe 's a bhios mise a' leughadh á soisgeul Lucais do'n choimhthionail ann an eaglais Blàir mu'n bheatha shiorruidh air nach robh cumhachd air bith aig a' bhàs.

Is e an t-earrach dòchas dhaoine ann an iomadh seagh ; siol ùr 'ga chur anns an talamh an àite asbhuain an fhoghair ; gineal ùr ag éirigh suas an àite na gineil a theab an saoghal a sgrios ; maise ùr a' sgaoileadh fa chomhair nan sùl a dh' fhàs sgith de lomnochd nan achaidhean ; is dòchas ùr ag éirigh ann an eirdheachan dhaoine a tha a' creidsinn ann an soisgeul na h-aiseirigh. Ann an earrach tha mile guth anns a' Chruiinne ag éigheach maille ri Pol,

*O uaigh, c' àite a bheil do bhuaidh*

“Buidhechas do Dhia a tha toirt dhuinne na buadha, tre ar Tighearn Iosa Criod.”

### Sùrd na Coille

Chan 'eil creutair eile anns a' Choille Bheithe an diugh a tha a' gabhail an t-saoghal cho réidh riùm féin; tha na h-eòin uile trang ag obair, ach chan 'eil sin 'n a uallach dhaibh, oir tha iad a' seinn aig an obair. Tha e 'n a aon chomharradh air gliocas an Ti a chruthaich na h-uile chreatairean, gu'n do rinn e iad air a leithid de dhòigh 's gu bheil iad a' faotainn barrachd sòlais as an obair agus as a' ghaol a tha comh-cheangailte ri siolachadh na tha iad a' faotainn á rud eile fo'n ghréin. Mur tugadh gaol nam ban agus caidreamh nam ban subhachas do chridhe agus do àirnean mhic an duine rachadh an cinneadh—daonna à bith ann am beagan mhlitean bliadhna oir chan e solus reusoin, no dìlseachd d' an dleasdanas, a tha toirt air cloinn - daoine siolachadh, ach na faireachduinean sòlasach a chuir an Ti glic 'n am pòraibh comh-cheangailte ris an obair sin.

Tha a cheart ni fior mu na h-eòin. Tha iad

an dràs a' neadachadh, agus ag ullachadh air son an àil, ach ged tha saothair agus dragh aca anns an obair sin, tha iad uile a' seinn gu làdir, is tha e furasd fhaicinn gu bheil sòlas aca anns an leannanachd a tha iad a' deanamh. Chan 'eil teagamh nach 'eil na daoine a shuidhich Dia ann an teaghlaich, le'n gabhail thar a chéile, o òige gu aois, agus an t-olc leis a' mhaith, na's fheàrr dheth agus na's sona na na h-aonaranacha.

Tha aon eun nach bi mi a' faicinn ach glé annamh anns a' Choille Bheithe, an uiseag; an seinneadair as fheàrr leam air an t-saoghal. An uair a chluinneas tu an uiseag a' seinn, agus an ceòl a' fas na's gloine agus na's binne mar is àirde a dh' éireas i, agus is dlùithe a gheibh i air nèamh, saoilidh tu gu bheil linn nam mìorbhulean air tighinn air ais, 'nuair a sheinn reultan na maidne, agus a rinn uile mhic Dhe gairdeachas.

An Dia a tha toirt ceòl na h-uiseig do dhaoine peacach air thalamh, ciod idir an ceòl a bheir e do na naoimh ann an nèamh?

*Cia lìonmhòr t' oibre, a Thighearna! ann an gliocas rinn thu iad gu léir; tha an talamh làn le d' shaoibhreas.*

### Duine mi-naomh

FHUAIR Esau droch ainm, ach ma fhuaир, cha b' ann gun aobhar. Ciod eile ach duine mi-naomh a their thu ri duine aig nach 'eil smuain air Dia no air an t-saoghal eile?

Ann an aon dòigh bha Esau na b' fheàrr na a bhràthair Iacob; cha robh uiread chuilbheartan ann 's a bha ann an Iacob, agus cha mhòd a bha e cho sanntach ris, ach air a shon sin, tha am Biobull a' cur Iacoib am measg nan naomh a thug buaidh air an t-saoghal tre chreideamh, agus a' cur Esau am measg dhaoine mi-naomha a bhios air an dùnadh a mach á rioghachd Dhe.

Ciod a bha ceàrr air Esau, agus car son a theirear gu robh e 'na dhuine mi-naomh? Bha so ceàrr air, gu robh fheòil agus ana-miannan fheòla làidir, agus a spiorad anfhan. Gu spioradail cha robh ann ach am páisde, dall agus bodhar agus lomnochd. Bha e mi-naomh a chionn nach fhaca e riamh maise na naomhachd, agus nach tainig e riamh 'na chridhe gur fhiaeh do dhuine fheòil a smachdachadh air ghaol oighreachd shiorruidh a chosnadh.

### Duine talmhaidh

Co ris a their thu duine mi-naomh? Theirear duine mi-naomh ri duine a bhios a' toirt ainm Dhe, no ainm a mhic, an diomhanas; no ri duine a bhios a' mionnachadh gu sgreataidh, no a' labhairt toibhein; no ri duine aig nach 'eil suim no urram do nithean a tha daoine eile

a' cunnatas urramach agus naomh. Ach chan e sin a tha am facal a' ciallachadh anns an earrann so de'n Bhiobull; tha e a' ciallachadh gu robh Esau 'n a dhuine *talmhaidh*, gun deò de'n anail ann a tha air a séideadh o shuas. Bha e a' tighinn beò air son nithean an t-saoghal, biadh is deoich is aodach; làn thoilichte leis na sòlasan a riaraicheas an fheòil.

Tha móran de'n t-seòrsa dhaoine so anns an t-saoghal; daoine d' an dia am brù agus aig a bheil an aire uile gu léir air nithean talmhaidh. Tha Facal an Tighearn ag ràdh gur e crìoch nan daoine sin a bhi air an sgrios. Tha am Biobull ag ràdh mu Esau “an uair a b' aill leis am beannachadh a shealbhachadh, gu'n do dhìultadh e, oir cha d' fhuaир e àite aithreachais, ged dh' iarr e e gu durachdach le deuraibh.”

### Ciod an tairbhe?

Thàinig saoghaltaidh Esau am follais an là a reic e a chòir-bhreithe ri Iacob, agus a thubhairt e ris, “Ciod an tairbhe a tha 's a' chòir-bhreithe so dhòmhhsa?” Thubhairt e sin fichead agus ceud uair 'n a chridhe féin m' an d' thubhairt e ri Iacob e, agus b'e màthair-aobhair a sheachrain agus a thruaighe gu'n do rinn e dimeas air a chòir-bhreithe, no air a' chùmhant a rinn Dia ri sheanair, Abraham, agus ri athair, Isaac.

An uair a thàinig Esau a steach do'n t-saoghal bha e beannaichte os cionn leanaban eile, oir

bha e 'n a oighre air a' ghealladh anns an robh dòchas an t-saoghail. Ach ged a bha sùilean 'n a cheann leis am faca e na nithean a tha faicsinneach agus aimsireil, cha robh sùilean 'n a chridhe leis am faiceadh e na nithean a tha neo-fhaicsinneach agus siorruidh. Cha robh creideamh no fradharc anama aige leis an greimicheadh e air gealladh Dhe, no air nithean nach gabhadh làimhseachadh, agus mar sin bha iad dha mar nithean aig nach robh bun no bàrr, air neo nach robh ann idir. Theagamh nach robh Iacob 'na dhuine a b' fheàrr na Esau, ach bha a shùilean na b' fhosgaithe, is bha sealladh aige air an t-saoghal spioradail agus tuigse air rùintean Dhe nach robh aig Esau riagh. Cha robh anns an oighreachd neo-fhaicsinnich agus ann an gealladh Dhe air am biodh teaghlaich athar a' bruidhinn an còmhnuidh,—cha robh anna do Esau ach mar gu'm biodh bruadar. Cha robh brigh no beatha anna dha, agus mar sin roghnaich e air thoiseach orra biadh blasda agus mnathan coimheach. Duine talmhaidh gun teagamh, agus mì-naomh a chionn gu robh e talmhaidh.

### An dùsgadh

Ach cha robh anns a' bhiadh bhlasda agus anns na mnathan coimheach ach luaithre agus searbhadas 'na bheul; dhùisg e as a shuain, "is thog e suas a ghuth, agus ghuil e . . . beannaich mise, eadhon mise mar an ceudna, O athair." Sin agad glaodh goirt a' pheacaich a tha air dùsgadh as a chadal, agus a tha nis a' faicinn luachmhorachd nan nithean agus nan cothroman air ando rinn e dimeas agus dearmad.

Tha coslas aithreachain air Esau, agus tha fuaim an aithreachais aig a chainnt, ach chan e aithreachas a bha ann idir. Cha b' ann air son a mì-naomhachd féin a bha aithreachas air, ach air son na droch *bhargain*, no na droch mhalairet a rinn e. An uair a tha cridhe a'

pheacaich air a bhriseadh le fior aithreachas tha a pheacadh 'n a láthair a ghnàth, air inntinn agus air a choguis; tha e 'g a fhuathachadh féin na's mó ma rinn e buannachd as a pheacadh.

Cha d' iarr Esau maiteanas air son a bhi air a tharruing air falbh le sòlasan na feòla, ach dh' iarr e gu'm biodh an oighreachd air an do rinn e dimeas air a toirt air ais dha. Chan e sin fior aithreachas. Is e a their am fior aithreachan, "Chan airidh mi gu'n goirteadh do mhae dhiom; dean mi mar aon de d' luchdtuarasdail."

\* \* \* \* \*

"An ni a bha ann, is e an ni sin féin a bhithreas ann; chan 'eil ni sam bith nuadh fo'n ghréin." Ann an dachaidhean diadhaidh an diugh fhathast, far a bheil gàradh air a chur timchioll na cloinne o'n òige, gheibhear balaich a bheir dùlain d' an dùthchas agus d' an oilean, agus a dh' fhàsas suas am measg chàich cho mì-naomh ri Esau. A dh' aindeoin gach cothrom a fhuair iad, cha do rinn am Biobull no sàramайдean, an eaglais no an sgoil-Shàbaid, aoradh no urninghean, an drùidheadh a bu lugha air an intinnean no air an anamanna. Tha mar gu'm bitheadh pios d' an eridhe gun fhair-eachadh air bith ann, air chor agus nach gluais gairm an t-soisgeil iad mar a għluaiseas i daoine eile. Tha an fhàiling so anna gu nàdura ; tha an cridheachan gu nàdura mar gu'm biodh criadh ruighinn läidir nach gabh treabhadh no cliathadh, agus nach gabh ri siol na rioghachd. Sin an seòrsa dhaoin a tha mì-naomh gun fhios dhaibh féin; cinnich nàdura a tha cho talmhaidh ris an talamh féin; fada fada o rioghachd Dhe.

Is ann air an son-san a tha eachdraidh Esau air a sgrìobhadh anns a' Bhiobull agus is ann riusan a tha Facal an Tighearn a' labhairt, *Ciod an tairbe do dhuine, ged chosnadh e an saoghal gu h-iomlan, agus 'anam a chall.*

## Aig an Uinneig

### Urram do mhiniestar Gàidhealach

**T**HÀ sinn toilichte a chluinnntinn gu bheil Oilthigh Obar Dheadhain a' dol a thoirt D.D. do'n Urramach Donnchadh Mac Leòid, M.A., ann an Tairbeart na Hearadh. Ged nach aithne dhòmhhsa Mgħr. Mac Leòid na's fheàrr na gu'n do thachair sinn air a chéile uair-eigin o chionn bhliadhnhachan, tha mi eòlach air a ghnè agus air obair le bhi a' cluimntinn uime o mhiniestar eile, is tha fhios agam gu bheil e 'n a dhuine ciùin, siteil, agus 'na fhearteaig as fhiach éisdeachd ris le aire, air sgàth nan nithean nuadh a bhios e a' toirt a màch á Facal an Tighearna. Bheir an onoir so a tha e ri fhaotainn toileachadh d'a bhràithrean

uile, agus cha chuir i farmad no diomb air gin dhiubh.

### Fear-Chanaidh

Anns na seann làithean bha uidh aig cuid de na tighearnan Gàidhealach ann an litreachas an dùthcha, is bha cuid dhiubh 'n an deagh sgoilearan Gàidhlig, ach an diugh chan 'eil ach glé bheag de na tighearnan Gàidhealach as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn.

Ach tha aon fhear-fearainn òg a tha 'n a sgoilear matih, Iain Latharna Caimbeul, tigh-earn Chanaidh, a chuir a mach ann an 1933 *Duain Ghàidhealach mu Bhliadhna Theàrlach.* Tha an leabhar so fior mhaith. Tha na Duain

agus na h-Orain air an tionndadh gu Beurla, is tha gach fiosrachadh mu na bàird agus m' an obair a bhios feumail do'n luchd-leughaidh air a thoirt dhaibh gu h-òrdail agus gu grinn ; chan e mhàin mu na bàird mhòra, Mac Mhaighstir Alasdair agus Iain Ruadh Stiùbhard, ach mu fheadhainn bheaga nach robh cho ainmeil, agus air nach 'eilear cho eòlach.

Bhuaithe sin chuir Mgħr. Caimbeul a mach leabhar beag no dhà eile. An 1936 dheasaich e air son a' chlòdh *Orain Ghàidhlig le Seonaidh Caimbeul*, Uidhisteach a rinn móran òran air iomadh cuspair, aotrum agus trom. Tha cuid mhaith de na h-òrain so tugaideach agus aighearach, is chan 'eil teagamh nach robh iad 'n an ceòl-gàire air iomadh còmhðhailan Uidhist. Ach is e an rud as annasaiche anns an leabhar uile gu léir nach 'eil na h-òrain air an sgrìobhadh ann an cainnt nam maiteanach ann am an cainnt nam mithean ; nach 'eil iad air an sgrìobhadh ann an cainnt litreachail nam bàrd agus nan sgoilearan, ach ann an cainnt bhriste an t-sluagh. Mar so tha fior bhlas Gàidhlig Uidhist air an leabhar, is cumaidh e air chuijmhe an dòigh anns a' bheil muinnitir Uidhist a' fuaim-neachadh na Gàidhlig anns an linn so.

An uiridh chuir e an clòdh *Sgeul an Draoidh eile*, a bha air a sgrìobhadh an 1895 le diadhair ainmeil an America, agus air a tionndadh gu Gàidhlig le E. G. Mac Fhionghuin, a bha 'n a fhear-deasachaidh a' phaipeir *Mac Talla*, an Canada. Sgrìobh Mgħr. Caimbeul facal-toisich anns an leabhar so, is tha e furasda fhaicinn o'n duilleig no dhà a sgrìobh e gu bheil e suas ri Gàidhlig a sgrìobhadh.

An toiseach na bliadhna so chuir e a mach leabhar beag eile nach 'eil a' cosd ach dà thasdan, *Sia Sgialachdan*, a fhuair e ann an Uidhist agus ann am Barraidh. Tha na naidheachdan air an sgrìobhadh anns an dòigh bhriste anns am bi an sluagh a' bruidhinn na Gàidhlig, ach ged is ann 'n a cheart dheòn a rinn Mgħr. Caimbeul so, chum gu'm faiceamaid ciamar a tha a' Ghàidhlig air a bruidhinn anns an Eilean Fhada, b' fheàrr leam na sgeulachdan fhaicinn ann an deise eile. Chan abair mi gu bheil an dòigh so ceàrr, ach gu dearbh cha toigh leam i. Theagamh gu bheil e chum buannachd do na daoine aig a bheil iùdh ann an *phonetics* fhaicinn no chluaintinn ciamar a bhios Mairi Nic Dhòmhnuill Èòghain a' bruidhinn Gàidhlig, ach mar is dlùithe a chumas sinn ar cainnt uasal ri nòs nan sgoilearan agus nan seana bhàrd, is ann is fheàrr. Bu mhòr am beud gu'n tigeadh a' chainnt uasal liomhta a labhair Pàdraig agus Calum Cille agus Mac Mhaighstir Alasdair gu ire cho bochd ri fiadhairchainn nam mithean.

Ach chan 'eil móran dhaoine d'a aois an Albainn an diugh a tha cho dealasach air taobh na Gàidhlig, no 'na sgoilear Gàidhlig cho maith, ri Iain Latharna Caimbeul.

### Sguaban eile á sabhal Mhic Gille Mhicheil

Bho chionn ghoirid fhuair mi bho charaid òg, Seumas Mac Gille Mhicheil Watson, M.A., ard fhear-teagaisg na Gàidhlig an Oïlthigh Dhùn-éideann, leabhar beag a bha air a chur a mach le Comunn ann an siorramachd York, an Sasunn, aig a bheil iùdh ann an cànaínean agus ann an eachdraidh nan Ceilteach. "Sasunnach a muinntir Mhuile is Gàidheal a muinntir York," dà rud neònach.

Tha enàimh no dhà eile anns an leabhar bheag so a bheir cagnadh do dhaoine aig a bheil fiacil làdir air an son, ach is e an greim-beòil a b' fheàrr a chòrd riumsa na rannan bòidheach a chuir Seumas Mac Gille Mhicheil Watson fhéin ann as a' chomh-chruinneachadh a rinn a sheanair, Alasdair Mac Gille Mhicheil, LL.D.

Chan fhacas duine eile riamh anns na h-Eileanan aig an robh an ealain a bha aig Alasdair Mac Gille Mhicheil air cearcall òir a chur mu cheann nam daoine ris an do rinn e seanchas, agus o'n d'fhuair e laoidhean, no sgeulachdan, no ubagan. Na'n tòisicheadh tuna no mise air innseadh mu Mhór Nic Néill, am Barraidh ; no mu Pheigidh Nic Carmaig, an Uidhist ; no mu Mhurchadh Mae an Déoir, an Arasaig, cha bhiodh ar n-innseadh ach lom is truagh, ach 'nuair a thòisicheas Alasdair Mac Gille Mhicheil air bruidhinn umpa, saoilidh tu gu bheil thu a' leughadh Homer, no leabhar Rut anns a' Bhiobull.

"Ri linn m'athar agus mo mhàthar," arsa Mór, "cha robh fear am Barraidh nach toireadh dheth a bhoineid do ghréin ghil nam buadh, no bean am Barraidh nach claoindh a colann do ghealach ghil nan tràth. Cha robh, a luaidh, fear no bean am Barraidh." Nach coma dhuit co dhiu is e Mór Nic Néill a tha a' bruidhinn, no Alasdair Mac Gille Mhicheil ; tha blas na meala air an t-seanchas.

Fàilt ort féin, a ghealach ùr,  
àilleagan iùil nan speur ;  
Fàilt ort féin, a ghealach ùr,  
àilleagan fionn na féill.

Gu ma geal do sholus dhomh,  
Gu ma réidh do thurus dhomh,  
Ma's math do thoisearch dhomh,  
Seachd feàrr do dheireadh dhomh,

A ghealach ùr nan tràth,  
A lòchrain mhóir nan gràs.

Am fear a chruthaich thusa,  
Chruthaich e mise os bár,  
Am fear thug dhuitsa seagh is solus,  
Thug e dhòmhlsa beath' is bàs,

A lòchrain mhóir nan gràs  
A ghealach gheal nan tràth.

Chan 'eil an so ach aon sop as na sguaban a tharruing Mgħr. Watson à stòr a sheanar ; tha na chuir e sios anns an leabhran so maith gun teagamh.



## Seann duine glic

"*A nis bha Barsillai 'n a dhuine ro shean, ceithir fichead bliadhna dh' aois.*"—2 SAMUEL xix. 32.

AN uair a bha an t-Ollamh MacLain ann an Colla thadhlaile e air ministear na sgireachd, Eachann Mac Gill Eathain, seann duine a bha an dà chuid 'na sgoilear agus 'na dhiadhair. Chuir e ionghnadh air an Ollamh Shasunnach duine cho ionnsaichte ris a bhi 'na mhinistear Cléireachail ann an eilean iomallach. Bha seanchas eatorra mu bheachdan dhiadhairrean, is bha ministear Cholla gu maith trom air daoine a bha e an dùil a bha a' teagasc nithean neo-fhallan. Cha do mhi-chòrd so idir ris an Ollamh mhór, agus is e a thubhaint e an déidh làimhe, "An uair a ruigeas duine trì fichead 's deich tha an t-àm aige a bhi suidhichte 'na bheachdan agus 'na bheatha."

Agus nach mò gu mór a tha an t-àm aig duine a ràinig ceithir fichead a bhi suidhichte agus stolda !

A réir choslais bha Barsillai mar sin, suidhichte 'na bheachdan agus 'na bheatha ; agus suidhichte 'na dhilseachd do'n righ cuideachd. Cha ghabhdh e carachadh, no a thionndadh a null no a nall. Bha fhios aige ciod na nithean a bha 'n am beatha d'a spiorad, is cha deal-aicheadh e riù air son an t-saoghal.

Dh' iarr Righ Daibhidh air 'na sheann aois dol a dh' fhùireach 'na lùchaint féin an Ierusalem, urram mór gun teagamh. Ach dh' iarr Barsillai air a lethsgul a ghabhail, a chionn gu robh e a nis ro shean air son atharrachadh mór de'n t-seòrsa ud 'na bheatha. "Fanaidh mi ann am bhaille féin, laimh ri uaigh m' athar agus mo mhàthar," ars esan, oir bha fhios aige nach b' fhada gus an tigeadh a' chrìoch air féin.

## Gach ni 'na thràth

Duine glic gun teagamh ; is e nithean de'n t-seòrsa so a dhearblas glieas dhaoine. An ni a bhiodh freagarrach gu leòr dhuinn a dheanamh aig aon àm d'ar beatha, theagamh nach biadh e idir freagarrach dhuinn aig àm eile. Tha e fada na's miosa gu'm biadh ceann aotrwm air seann duine na gu'm biadh seana cheann air balach òg. Chan 'eil an ceann liath 'na chorón glòire mur faighear e ann an slighe na fireantachd. Ma gheibhearr e ann an slighe na faoineis, no am measg dhaoine faoine, tha e 'na shealladh muladach.

An uair a tha tri trianan de bheatha duine seachad tha fichead rud nach fhiach dha a dheanamh tuilleadh, no miann a bhi aige orra ; chan fhiach dha pòsadh ; chan fhiach dha a

chanrannchur no obair atharrachadh ; chanfliach dha dol do Phàrlamaid, no do Chomh-airle na siorramachd, agus ma théid e ann is e an fhaoineas a tha 'ga chur ann, no faoineas a mhathana, no uabhar na beatha. An uair a rìgeas duine trì fichead tha an t-am aige an aire mhaith a thoirt air fhéin agus air anam féin ; air a theaghlaich ; agus air a chàirdean ; agus air obair air a bheil e a' deanamh dearmaid, gun a shùilean a bhi an iomallaibh na talmhaim ; tha an t-àm aige a thigh a chur an òrdugh agus a bhi a' cuimhneachadh nach e an saoghal so ionad a thàimh.

Is maith an comharradh e air duine a bhi mürneach m'a chuideachd féin. "Fanaidh mi," arsa Barsillai laimh ri uaigh m' athar agus mo mhàthar." Coma leat an seòrsa dhaoine a tha na's aoibheile agus na's geanaile anns gach cuideachd eile na tha iad aig an teine féin ; còir agus bruidhneach a muigh ris na coigrich, ach greannach agus dùr a stigh ri an cuideachd féin.

## Urram do phàrantan

Is maith an comharradh e air duine cuid-eachd a bhi cuimhneachail air a phàrantan a tha marbh, urram a thoirt do'n chlàdh anns a bheil iad tiadhlaichte, agus meas a bhi aige air an uaigh anns a bheil an duslach. Ach tha gu leòir de dhaoine nach do sheall air uaigh an athar agus am màthar o na thiadhlaic iad an t-aon mu dheireadh dhiubh o chionn fichead bliadhna, agus aig nach 'eil fhios c'aité a bheil i, mur bheil clach aig a ceann, an uair a dh' fheumar a fosgladh as iùr. Chan abrainn gu bheil na daoine so a' coimhead na h-àithne, "Thoir urram do t'athair agus do d' mhàthair." Tha an càirdeas mar a chumar e, is dhearbh Barsillai do Dhaibhidh gu robh e 'na charaid agus 'na sheirbhiseach dileas dha. An uair a rinn Absalom ceannaire an aghaidh athar, agus a bha Daibhidh air faondradh am Mahanaim, thug Barsillai agus dithis eile biadh, agus deoch, agus gach goireas eile air an robh feum aca, dha féin agus d'a fheachd. Cha robh eagal air taobh an righ a ghabhail ann an làithean anns an robh e air a shaoilsinn cunnartach sin a dheanamh. Sheas e gu dileas air taobh na còrach, gun aon smuain air buannachd no comh-flurtachd dha féin. An uair a bha daoine eile air bhogadan, a' feitheamh gus am faiceadh iad eò leis a bha an là a' dol, cha do chuir an seann

duine so a chomhairle ri fuil no ri feòil ; sheas e gu daingean ri gualann Dhaibhidh, aon ùngta Dhe. Cha do rinn e lethsgeul gu robh e roshan, no gu'm fagadh e cùis an righ an làmhan dhaoine a b' òige.

### Cridhe blàth

Bha meas agus gaol aige air Daibhidh a chionn gu'm b'e Daibhidh aon ùngta Dhe, duine anns an robh tachd an Tighearna, a dh' aindeoin a lochdan. Ma tha eagal an Tighearn ann ad chridhe féin bithidh baigh agad ris na h-uile dhaoine air a bheil eagal an Tighearn.

Nochd Barsillai a ghràdh do'n righ le cobhair a dheanamh air 'n a fheum. . . "Bha mi acrach, agus thug sibh dhomh biadh ; bha mi tartmhòr, agus thug sibh dhomh deoch, . . ." "Ma bhitheas bràthair no piuthar lomnochd, agus a dh' uireasbhuidh bidh, agus gu'n abair neach agaibh riu, Imichibh an sith, bithibh air bhur garadh, agus bithibh air bhur sàsúchadh, gidheadh nach toir sibh dhaibh na nithean sin a tha feumail do'n chorp, ciod an tairbe tha ann ?" Is e aon de thoraidhean a' chreidimh, agus aon de chomharraighean na diadhaidh-eachd, eridhe truacanta. Agus ma tha do chridhe truacanta, bithidh do làmh fialaidh, a réir do chomais.

Ach ma bha Barsillai coibhneil e féin fhuair e a dhuais gu pait o Dhaibhidh ; tomhas maith agus air a dhinneadh. "Phòg an righ Barsillai, agus bheannaich se e." Beannachd

nan naomh, agus beannachd nam bochd, sin dà rud as fhiach do dhuine a bhi aige.

Bha Barsillai cho iriosal's a bha e dìleas agus còir. Chuir e iongnadh mór air gu'n iarradh an righ air a leithid-san dol a dh' fhuireach còmhla ris an Ierusalem, is thubhairt e, "Car son a dhìoladh an righ sin dhomhsa. . . ?" Mar gu'n abradh e, Car son a gheibhinn-sa duais cho mór air son seirbhis cho beag ? Sin agad irioslachd nan naomh. "An sin freagraidh na fireanan, ag ràdh, A Thighearna, c'uin a chunnaic sinn acrach thu, agus a bheathaich sinn thu, no tartmhòr. . . . Agus freagraidh an Righ, agus their e riu, a mheadh 's gu'n do rinn sibh e do aon de na bràithrean as lugha agam-sa, rinn sibh dhòmhsha e."

Eadhon an déidh a bhàis bha teaghlaich Bharsillai a' faotainn bheannachdan air sgàth an athar. Beannaichidh ionracas an fhìrein a shiòl 'na dhéidh. Air leabaidh a bhàis thug Daibhidh àithne do Sholamh a bhi coibhneil ri teaghlaich a sheana charaid, "Nochd coibhneas," ars esan, "do mhacaibh Bharsillai." Bheir an coibhneas a gheibh thu air sgàth t' athar barrachd toileachaidh dhuit na'n coibhneas a gheibh thu air do sgàth féin ; co dhiu is e sin m' fhiorsachadh-sa.

Is sona na daoine a tha ag abuchadh ann an deireadh an làithean ann an gliocas, ann am faidhidinn, agus ann an eagal an Tighearna ; tri nithean a chuireas matse air an t-seann aois.

## Anns a'

**A**N uair a bha Sir Walter Raleigh, agus e anns a' phriosan, a' sgriobhadh "Eachdraidh an t-Saoghal" leig e am peann as a làimh aon là, is thòisich e air beachd-smuaimeachadh air cho duilich's a tha e an fhirinn aithneachadh. no dealachadh a chur eadar i agus a' bhreng. Am feadh 's a bha e a' beachd-smuaimeachadh mar sin, thug e sùil air an uinneig bhig a bha air an t-seòmar chumhann anns an robh e 'n a shuidhe, is faicear aig bonn na h-uinneig an taobh-a-muigh duine a' bualadh duine eile air an robh coslas Màidseir-airn. Tharruig an Màidseir a chlaidheamh as an truail, is shàth e e ann an corp an fhir eile, ach m' an do thuit e, no m' an do chaill e a mhothachadh, thug e sgaile do'n Mhàidseir air mullach a chinn le bata garbh faobach a bha 'n a làimh. Thuit an dithis gu talamh aig an aon àm ; am Màidseir agus e air a thùr a chall, agus am fear eile, marbh gun sgrid. An sin thàinig geàrrd a' bhaile, is thug iad leò am Màidseir agus an duine marbh.

### Fianuis nan sùl

An ath latha thàinig caraid dha a steach do'n phriosan a dh' fhaicinn Sir Walter Raleigh,

## Chathair

is dh' innis Sir Walter dha mar thachair an dé, ach an uair a chrìochnaich e an naidheachd, thubhairt a charaid ris, "O, chan ann mar sin tìdr a bha ; chan e Màidsear—airm a bha anns an duine aig an robh an claidheamh ach gille-coise ann an teaghlaich fear-ionaid Righ na Spàinne. B' esan a thug a' cheud bhuille do'n fhear eile, co-sheirbhiseach anns an teaghlaich uasal anns an robh iad le chéile a' frithcaladh, agus b' ann 'n a chorp-san a bha an claidheamh air a shàthadh leis an fhear eile, m' an robh uine aig gin de na daoine a bha timchioll dol 's an eadraginn. Ach thug duine-éigin dhiubh stràic de bhata a bha 'na làimh do'n mhortair anns an dol seachad, is leag e c."

"Gabh mo lethsgeul," arsa Sir Walter, "ach cha d' innseadh an naidheachd dhuit ceart ; chunnaike mise le mo shùilean féin mar a thachair an rud, is tha mi cinnteach nach do mheall mo shùilean mi."

"A charaid ghaolaich," ars am fear eile, "bha mise na bu dlùithe dhaibh na bha thusa ; bha mi 'n am shuidhe ceart làimh riu, agus sin agad air mo ghruaidh fhathast gearradh beag a bha air a dheanamh oirre an uair a dh'

fheuch mi ris a' chlaidheamh a spionadh á làmh a' mhortair. Bheirinn mo mbionnan gu'm faic mi a h-uile rud a thachair gu soilleir."

An uair a bha Sir Walter Raleigh leis féin, an déidh d'a charaid falbh, thoisich e air sgriobhadh a rìs, ach bha e duilich dha inntinn a shoeruchadh air na bha e a' sgriobhadh. Thubhairt e ris féin, "Mur creid mi mo shùilean féin, ciamar is urrainn dhomh a bhi cinteach mu nithean a thachair ceudan bliadhna air ais?" An sin thig e na duilleagan a bha e a' sgriobhadh anns an teine.

### Ceistean leanabail

Tha so, a leughadair, a' togail ceist no dhà air am bi mise glé thric a' emwasachadh 'n am inntinn fhéin, agus gu sòruichte a' cheist so, Ciod i an fhírinn? Tha e coltach gu robh cuid mhaith fhanuisean an lèthair a chunnaic eiod a thachair an là ud, agus saoilidh mi nach bitheadh e eu-comasach ruighinn air an fhírinn na'n robh iad uile air an ceasnachadh. A thaobh chùisean a chì an t-sùil, no a chluinneas a' chluas, chan 'eil doigh as fheàrr air an fhírinn fhaotainn a mach na gu'm biodh fianuisean air an ceasnachadh ann an cuirt-lagha le daoine geura ann an lèthair breithimh a tha cleachdta ri bhi a' cur dhaoine agus am briathran air a' mheidh. Aeh a thaobh nan nithean a thachair o chioma fhada, na nithean a leughas tu ann an leabhraichean, no na nithean a leughas tu anns a' Bhiobull, cha ghabh sin deanamh. An ni a tha sgriobhta tha e sgriobhta, is cha ghabh e atharrachadh ach anns an t-seagh so, gu'n toir a h-uile duine an rud a thoilicheas e féin as, air chor agus nach 'eil ann achi rud leanabail a bhi foighneachd "Ciod an fhírinn?", oir chan 'eil a leithid de ni agus firinn leatha fhéin ann, no firinn dealichte o dhaoine agus o inntinnean dhaoine; chan 'eil bith no beatha aice ach ann an dàimh ris an inntinn d'a bheil i a' dol a steach.

Mar sin chan 'eil e ach leanabail dhuinn a bhi a' foighneachd cuid de na ceistean a bhios sinn a' foighneachd;

*A bheil so fior?*

*A bheil a h-uile rud an dara cuid, fior no breugach, ceart no céarr.*

*An e duine firinneach, duine nach innis rud air bith ach rud a tha fior?*

*An e duine breugach a tha ann an duine a dh'innseas naidheachdan nach 'eil fior?*

Sin an seòrsa cheisteann a bhios clann a' faraid; ceistean a tha nàdurra gu leòr do inntinnean leanabail, ach is coir do dhaoine a thàinig gu ire-duine nithean leanabail a chur air chùl.

### An t-oileanach Tuathach

Uair a bha mi a' gabhail an aiseig anns an Dunara air là blàth samhraidh (m' an d' fhàg

mi an Collaist) bha mi 'n am shuidhe air acair ann an fior thioseach a' bhàta, a' leughadh aon de na naidheachan a sgríobh Sir Walter Scott. Thàinig oileanach Tuathach a b' aithne dhomh far an robh mi, is dh' fhoighnich e ciod an leabhar a bha mi a' leughadh. An uair a dh' innis mi dha, is e a thubhairt e, "Car son a bhitheadh tu a' cur seachad t'uine, a' leughadh bheug; chan 'eil ann an leabhrachaean an duine sin ach ròlaistean a rinn e suas as a cheann féin; cha do thachair na nithean a tha anns an leabhar sin riagh."

Bha fhios agam gu robh an t-oileanach Tuathach ceàrr, ach aig an àm ud cha b' aithne dhomh an fhreagairt cheart do'n fhacal a thubhairt e, is cha do rinn mi ach an rud a leigeil seachad le freagairt mhìn air chor-eigin, ach na'n abradh duine a leithid sud riùm an diugh, theirinn ris nach mò a thachair na nithean a tha Criod ag innseadh ann an naidheachd a' mhic struidheil, ach air a shon sin gu bheil an naidheachd fior. Thug Criod na nithean a chuir e intte, agus ann an naidheachdan eile, as a cheann agus as a chridhe féin, agus chan e a mhàin gu bheil iad fior dhuinne, ach tha iad fior do na h-uile dhaoine, is bithidh gu bràth. Glé bhitheanta tha na nithean nach do thachair na's fire na na nithean a thachair.

### Trì naidheachdan

An uair a sheallas mi air m' ais air làithean m' òige anns an sgoil tha cuimhne agam air trì naidheachdan ann an leabhraichean na sgoile aig an robh a cheart bhuaidl air m' inntinn agus air mo chridhe a bha aig bròn-chluich nam bàrd Ghreugach air an t-slugh a bhiodh a' dol 'g am faicinn; an rud ris an abradh Aristotle, *katharsis*—glanadh-cridhe is fosgladh-shùl a bheireadh air daoine an trioblaidean beaga féin a dhichuinhlmeachadh an lèthair bròn na cruinne, no an lèthair nan trioblaidean móra móra a thàinig air na gaisgich.

B'e na trì naidheachdan ud, *Uilleam Tell agus an ubhal*; *An cù, Gellert*; agus *Bàs Eilidh bhig*, le Teàrlach Dickens. An uair a bhiodh té de na naidheachdan sin againn aig an leasan-leughaidh bha an là sin dhòmhsa mar là na Sàbaid; cha bhiodh iomradh air iomain no air chluich eile; bhithinn a' falbh leam fhéin agus a' caoineadh. Ged bha mo chridhe gu maith cruaidh, agus mo spiorad rag agus ruighinn aig an àm, chuireadh na naidheachdan ud saighead annam a bheireadh Dia agus mo lochdan féin 'n am chuimhne, g'fach nach do dhùisg an leasan-Biobuill a leugh sinn anns a' mhaduinn aon smuain, maith no olc, 'n am eanchainn. Rud neònach, nach deanadh am facal ris an an abair sinn Facal Dhe an druidh-eadh air mo spiorad a bha air a dheanamh air le naidheachdan a theireadh an t-oileanach

Tuathach nach robh fior idir! Tha so a' togail na ceiste, "ciod i an fhírin?" , agus à togail na ceiste cuideachd, "ciod an ceangal a tha eadar guth Dhe agus litir a' Bhiobuill?"

### Uilleam Tell

A chionn nach do rinn Uilleam Tell a bheic do'n righ chuireadh an sàs e, is dh' iarradh air mar pheanas ubhal a sgoltadh air mullach cinn a mhic le saighead a thilgeadh e aig astar sònruichte. Leis a' cheud shaighead sgoilt e an ubhal, ach chunnaic an righ gu'n do chuir e saighead eile 'n a chrios m' an do thilg e a' cheud fhear, is dh' fhoighnich e car son a rinn e sud. "Rinn," arsa Uilleam Tell, "air do shon-sa; na'n do mharbh mise mo mhac chuirinn saighead eile 'n ad chridhe-sa."

Sin an naidheachd; bha e air a ràdh gu robh Uilleam Tell beò ann an Switzerland anns a' cheathramh linn deug, ach bha an naidheachd cheudna air a h-innseadh ann an Denmark anns an dara linn deug, is bha i air a h-innseadh mu dhaoine eile ann an Lochlann, anns a' Ghearmailt, ann am Persia, agus ann an Russia, is theagamh anns gach dùthaich anns an do thuinich stoc-dhaoine nan Arianach.

### An cù agus an leanabh

Bha an cù a bha aig a' Phriomnsa Llewellyn cho glie agus gu'm faoddadh e a leanabh mic fhàgail air a chàram anns a' chreathaill. Là àraidih air dha tighinn dhachaidh thàinig goirisinn 'na fheòil an uair a chunnaic e a' chreathaill falamh, aodach an leinibh 'na stìallan air feadh an tighe, agus beul a' choin dearg le fuil, is coltas colgarra air. Leum e ann an ceann Llewellyn gu'n do mharbh agus gu'n d' ith an cù am páisde, agus 'na chorruich mharbh e Gellert le aon sgathadh de'n chlaidh-eamh. Ach an ath mhionaid chunnaic e an leanabh air chùl na creathaill, gun leòn, gun dochann, agus ann an oiscan eile de'n t-seòmar madadh-allaidh a bha air a mharbhadh leis a' chù, a' dòn an leinibh.

Ma théid thu gu Snowdon ann an Cuimhrig chi thu uaigh a' choin so a bha cho glie agus cho dileas, ach ma théid thu do Russia, chi thu uaigh Ghellert an sin cuideachd, is innsidh iad an naidheachd cheudna dhuit, ach a mhàin gu'm b' ann leis an Czar a bha an eù. Gheibhearr an naidheachd so ann am Persia; ann an China; anns an Eadait; anns na h-Innsibh an Ear; air feadh an t-saoghal uile, is tha na h-uaighean anns a bheil Gellert air a thiodh-lacadh cho liomhorris na leapachan anns an do chaidil Priomns' Teàrlach.

### An litir lom

An abair thu nach 'eil an naidheachd fior a chionn nach do thachair an rud a tha air innseadh imte ann an àite sònruichte riamh, no a chionn gur e duine-eigin de theaghlaich Aesop no de mhic Sholaimh a rinn i as a cheann féin? Chan abair idir; tha an naidheachd so flor, is bithidh gu bràth, agus is e an comharradh as fhéarr gu bheil i fior gu'm faighear i anns gach ceàrn de'n t-saoghal, a' taiseachadh chridheachan cruadha agus a' toirt an lochdan féin 'n an cuimhne.

Chan ann ann an litir lom a' Bhiobuill a gheibhearr am facial no an guth a tha tarruing Dhe agus spiorad mhic an duine ri chéile ach ann an nithean eile anns a' Bhiobull air nach 'eil e furasda ainm a chur. Ach smuainich ann ad imntinn féin, a leughadair, is theagamh gu'n amais thu air cuid dhiubh.

Tha feadhainn de na naidheachdan a bhiodh muinntir na h-eaglaise Saoire ag innseadh mu Mhaighstir Lachlann, an Loch Carrann, air an innseadh mu Chalum Cille agus mu mhanaich a bha anns an Eiphit anns a' cheathramh linn. An abair thu nach robh na daoine a bhiodh ag innseadh nan naidheachdan sin firinneach? Chan abair idir; chan 'eil na naidheachdan ach a' dearbhadh gur e urracha móra am measg a' phobuill a bha ann an Calum Cille agus ann am Maighstir Lachlann, *rud a tha cho fior ri solus na gréine.*

### An gaol nach fàilnich

THA i marbh o chionn fishead bliadhna; Chan 'eil duine a bhuineadh dhi a nis beò ach aon no dhà de chàirdcean fada a mach a tha ann an Canada, agus mar sin faodaidh mi bruidhinn uimpe gu saor air an duilleig so, gun oilbheum a thoirt do neach air bith. Bha sinn mór aig a chéile an uair a bha i beò, is b' fheàrr leam-sa an làmh dheas a bhi air a toirt dhiom o'n uilinn na gu'n abrainn dad ceàrr mu Shine Friseal, eadhon ged b' urrainn dhomh sin a dheanamh le firinn, rud nach urrainn. Bha i'n a boiriorunnach uasal gu nàdurra, agus ann am feasgar a làithean bha an uaisle

nàdurra sin air a crùnadhl le gliocas agus fadhidim.

'Na caileig òig phòs i marsanta ann an Glaschu, duine a bha anabarrach dreachmhòr 'n a phearsa ach nach robh idir fo chliu maith am measg mharsantan eile anns a' bhaile. Bha a cuideachd, a bha gu maith air an dòigh, fada fada an aghaidh a' phòsaidh, is mhaoiadh a h-athair nach seasadh e gu bràth 'n a tigh na'm pòsadh i Eòghan Friseal. Ach ged nach robh Sine ach naoi bliadhna deug aig an àm bha a toil a cheart cho làidir ri toil a h-athar, is ghabh i a rathad féin. Phòs i Eòghan Friseal

a chionn gu robh gaol aice air, ged nach robh duine d'a daoine toilichte.

### Ri taobh na srùlaig

Thachair so iomadh bliadhna m' an do rugadh mise ; bha Síne Friseal mu thrì fishead bliadhna m' am faca mi riamh i, is chan 'eil agam a dh' eòlas air a' cheud chuid d'a beatha ach na thog mi o fhacail a bhiodh i ag ràdh an dràsd 's a rìs an uair a bhithinn a' dol 'g a faicinn 'na seann aois. Anns na làithean sin bha i a' fuireach ann an tigh a cheannaich i dhi féin air an dùthach, an déidh do'n duine aice a bhi air a chur 's a phriosan.

Aig ceann mu dheas an tighe bha srùlag bheag a' siubhal gu eas agus gu labhrach sìos do'n loch a bha mu leth-mhile air falbh : agus fo chràoibh uinnsinn ri taobh na srùlaig bha suidheachan air am biodh Síne Friseal gu tric 'n a suidhe, a' figheadh no a' fuaigheal, air feasgair blàth shamhraidh. Bhithinn-sa a' suidhe còmhla rithe air an t-suidheachan sin, an uair a rachainn 'g a faicinn. Bha i gu maith air a dòigh ; ged nach robh an tigh ro mhór bha i a' cumail trì searbhanntan, is cha deachaidh duine riamh rathad a tighe gun bhiadh a bhi air a thaiginn dha, eo dhuibh a b' aithne dhi e no nach b' aithne.

Uair a bha Sasunnach anns a' ghleann, a' glacadh leòmann agus dhealain-dé le lion beag air bata, chaidh e air iomrall anns a' cheò. Aig ochd uairean a dh' oidhche chunnaic e solus, is bhuail e aig dorus Síne Friseal. Thugadh a steach e ; bha cathair dha air a cur aig bòrd na dinnearach aig an robh bean-an-tighe fhathast 'na suidhe, ach 'nuair a thòisich an Sasunnach air innseadh cò e, gur ann á Manchester a bha e, chuir i stad air ; "Na h-abair an còrr," ars ise, "chan 'eil mi air son fhios a bhi agam cò thu, no cia as a tha thu ; mar is lughais aithne dhuimh mu chàch a chéile is ann as fheàrr, ach is e do bheatha fuireach an so cho fad 's a thoilicheas tu."

### Sonas na h-òige

Ged bha i gaolach air seanchas agus air a bhi a' bruidhinn mu chùrsa an fhreasdail am beatha dhaoine is ann glé annamh a bhruiddh-neadh i uimpe féin, no mu làithean a h-òige. Thubhairt mi rithe aon là gu robh mi an dùil gu bheil daoine na's sona ann an deireadh am beatha na tha iad 'n an òige, ach an déidh dhi smuaineachadh mionaid no dhà, thubhairt i nach aontaiceadh i leam idir. "Bha mise," ars ise, "na bu shona an uair a bha mi 'n am chailleig na tha mi an diugh, ach tha mi an diugh na's toilichte na bha mi an uair a bha mi òg.

Cha d' thubhairt mise an còrr ; bha fhios agam nach b' fhiach na bha eadarluinn argumaid a dheanamh uime, oir chan 'eil ann am

briathran ach briathran féin, is tha e duilich a ràdh ciod am mùghadh a tha eadar *sonus* agus *intinn thoilichte*. Theagamh nach 'eil aunta ach bò mhaol odhar agus bò odhar mhaol.

"Bha mi," ars ise, "cho sona ri uiseig 'n am chaileig anns an sgoil, agus 'n a dhéidh sin an tigh m' athar, ach mheas mi an sonas sin mar asbhan an coimeas ri nithean eile a bha a dhith orm."

"An uair a sheallas sibh air 'ur n-ais air 'ur beatha an abradh sibh gu robh e ceàrr dhuibh sin a dheanamh ?"

"O, chan abradh idir," fhreagair i, "cha robh aithreachas riabhorm orm a h-uile ni a bha agam anns an t-saoghal a thoirt seachad air son gaoil."

An ceann greis thubhairt i, "Ma bha coire anns an duine agam-sa b' ann dha féin, agus cha b' ann dhòmhsha ; ach bha e féin agus an saoghal daonnan an agbaidh a chéile."

"Is còmhrag neo-chothromach e do dhuine air bith a bhi a' tapaid 'na aonar ris an t-saoghal," arsa mise, "ciamar a chaidh dha ?"

"Cha deachaidh gu maith," ars ise ; "bha droch chompanaich aige a tharruing air falbh bhuam e, ach bliadhna m' an do shiubhail e thàinig e air ais, agus bha mi cho sona fad na bliadhna sin 's a bha mi a' cheud bhliadhna a phòs sinn. Ach ged nach urrainn mi a ràdh a mis gu bheil mi sona, tha mi an dùil gu bheil mi toilichte."

### Diù nam fear

Ach ma bha inntinn thoilichte aig Síne Friseal bha a bhuidheachas sin aice féin agus cha b' ann aig an droch dhuine ris an do cheangail i i-fhéin ro òg. Ged a chuir ise sgleò bòidheach air am beatha phòsda, innsidh mise dhuit, a leughadair an fhìrinn lom. Cha robh ann an Eòghan Friseal ach fior dhroch dhuine ; duine nach robh firinneach, no onarach, no beusach. Bha e trom air an deoch ; bha brù nhòr air is aodann dearg le ithinnich is òl ; bha e trì uairean anns a' phriosan, agus cho fad 's a bha e a' marsantachd, agus a' cur bathair gu Japan, cha robh mìos anns a' biliadhna nach robh marsantan Japan a' gearan ri Consul Bhreatuinn gu'n robh an car air a thoirt asda le marsanta an Glaschu.

Ged bha e dreachmhòr 'na phearsa 'na oige mhille e a bhodhaig le a dheanadas neo-bheusach, is bha e cho neo-fhallan 'n a aoraibh 's nach robh gin de'n chloinn a rugadh dha air am breith beò. Bha ceathrar de phàisdean marbh aig Síne Friseal m' a'n robh i sé bliadhna fishead.

An ceann biliadhna nach d' fhág e i uile gu léir, is chaidh e a dh' America, gum aon sgillinn ruadh a shuidheachadh oirre, no beamachd fhágail aice, no uiread agus innseadh gu robh e a' falbh. Cha mhò a sgrìobh e riamh 'g a h-ionnsuidh. Bhiodh gillean de mhuinntir

Ghlaschu a bha thall ann an Chicago 'g a fhaicinn air uairean ann an tighean-òil anns a' bhaile sin, agus ag innseadh gu robh e fhathast beò.

### Tilleadh an fhògarraich

Mar a thubhaint mi cheana bha cuideachd Sine gu maith air an dòigh, agus m' an do shiubhail a h-athair ghabh e an tigh nd dhi air an dùthaich, is shuidhich, eирre fo chileadairean suim airgid a chumadh, ann an grinneas agus ann an comhfhurtachd, cho fad's bu bheò i. An déidh a báis bha an tigh ri bhi air a reic, agus leis an airgiot eile, ri bhi air a roinn eadar dà thigh-eiridinn a bha air an ainmeachadh ann an tiomnadh a h-athar.

Chaidh bliadhna chan seachad; bha Sine Friseal a' tighinn beò gu sàmhach anns an tigh leatha féin agus na tri searbhantain, ach aon là cò a chumacas a' tighinn a dh' ionnsuidh an doruis ach am mae struidgeil a chaidh do Chicago. Bha a cheum mall, agus coslas a' bhàis air, ach cho luath 's a sheall e fhéin agus Sine an sùilean a chéile chuir i a làmhan m'a

amhaich. is phog i c. Thàinig e dhachaidh a bhàsachadh ann an uchd a' creutair ghaolaich air an do rinn e dimeas, agus a chuir e gu näire fhollaisich, gun aon ruabhag ruadh airgid aige, gun uiread agus léine r'a chneas. Bha fiabhrus air, is bha easdaich air, is bha fheòil agus a chraicionean briste le creuchdan lobhta, ach dh' altruim is dh' éiridinn i e gu gaolach le a làmhan fén fad bliadhna, agus b'e a' bhliadhna sin a' bhliadhna bu shona 'n a beatha.

\* \* \* \* \*

Sin agad, a leughadair, an rud as coltaiche anns an t-saoghal so ri gràs Dhe. Ma théid aig creutair peacach air gniomh uasal agus caomhail mar so a dheananmh, an e nach dean Dia e? "Cò an Dia ann a ta cosmhail riutsa, a mhaiteas aingidheachd agus a ghabhas seachad air easaontas iarmad t oighreachd, oir ar Dia-cha eagh leidh e a chorruich gu siorruidh, do bhrigh gur toigh leis tròcar? "

*Làidir mar am bàs tha an gràdh; chan urrainn uisgeachan lionmhor an gràdh a mhùchadh, agus cha bhàth na tuilean e.*

## Anns a' Choille Bheithe

AN toiseach na bliadhna thug mo ghnothuch Ami cho fada tuath ri Ionar Theòrsa, agus is e a' chumhne as fhaide a bhios agam air Machair Rois, mar tha an dùthaich sin air a gaorrnachadh le faimh-thalmhaim. Ged b' e Machair Rois a bu mhiosa cha mhór nach robh na chunnaic mi de Ionar Nis agus de Chataibh a cheart cho dona; eadar a' Mhanchainn agus Brùra cha mhór gu robh aon achadh falamh dhiubh; miltean air mhileann de thorran-ùrach a' cur mi-mhaise air aghaidh na dùtheха, agus a' toirt oilbheim do shùilean dhaoine leis an toil sgiobaltachd is sgoinn. Bha na fearainn mhóra air am breacadh leis na torran gràndha ud a cheart cho maith ris na fearainn bheaga, ged bhiodh e furasda gu leòr na torran a sgaoleadh.

Ach tha airgiot agus luchd-oibre cho gann air fearann na Gàidhealtachd an diugh, agus air fearann na h-Alba air fad, 's nach eil tuathanachaich a' cumail an talaimh anns an òrdugh anns am bu chòir e bhi air a chumail. Ma chumas tu do shùilean fosgailte, a' siùbhal troimh cheàrn air bith a dh' Albainn, chì thn gu bheil an dùthaich a' dol a dhìth le droch thuathanachd; bailtean maith air an robh aon uair tri seisrichean each, agus gun an diugh orra ach aon chiobair.

O chionn bhliadhna chan tha an seòrsa tuathanachd sin a' fàs fasanta an Albainn; tuathanachd gun obair, gun dragh, gun chosd. Gabhaidh an tuathanach fearann-àitich air mhàl beag; leigidh e a mach fo fheur e, is cuiridh e caoraich air, ag oibreachidh a' bhaile

maith dh' fhaoide le aon chiobair, ach ann beagan bhliadhna chan feumar na caoraich fhéin a thanachadh a chionn gu bheil am feur air fas tioram agus glas, no air a chur as an t-sealladh uile gu léir le còinneach, agus rainneach, agus eluarain, agus feanntagan, agus luachair. Is e an seòrsa tuathanachd so mallachd na h-Alba an dingh. Ach theagamh nach gabh cùisean ceartachadh gus an gabh Comhairle na Rioghachd uiread cùram do thuathanachd na dùtheха 's a tha iad a' gabhail do mharsantachd na dùtheха, agus do chor nan daoine a tha a' fuireach air an dùthaich 's a tha iad a' gabhail do mhuinntir nam bailtean móra. Ach gus an tig an là sin shaolin gu'm bu chòir do na tuathanachd fein diecheall a dheananmh air an rainneach a tha a' fas air an fhearan aca a chumail sios, agus na torran-ùrach a chuir na faimh-thalmhaim a mach a sgaoleadh, gun a bhi a' glaochadh ris a' Ghovernment.

### Mo charaid Pàraig

Ach cha b' ann air tuathanachas a bha mi an dùil bruidhinn an uair a thòisich mi air mo sheanchas, ach air gnè agus dòighean nam famh. Tha aon no dhà dhiubh anns a' Choille Bheithe so, ach ged nach toigh leam eur as dhaibh nile gu léir cha mhò is toigh leam iad a bhi a' fàs ro lionmhor. Mar sin bithidh mi a' eur fios air coimhearnach a tha suas ri breith orra, ma thachras gu'm faigh té no dhà dhiubh a steach do'n lios, agus b' fheàrr leam a bhi ag eisdeachd ri Pàraig ag innseadh dhomh mu sheòltachd

nam famh-thalmhainn na bhi a' leughadh mu righean na talmhainn. An rud nach aithne do Phàraig mu na faimh chan fhiach e a bhi bruidhinn air.

Bha mòs anabarrach reòta againn anns a' gheamhradh an uiridh, is dh' fhaighmich mi dheth ciamar a bhiodh na faimh beò ri reothadh cho cruaidh.

"O bithidh gu seasgar," ars esan, "tha stòr aca gu maith domhain fo'n talamh, far nach ruig reothadh orra, agus gu leòr de bliadh gns an tig an aiteamh."

"Ciod an seòrsa bidh as fheàrr leò?"

"Cnuimheagan agus durragan" fhreagair e, "agus uibhean bhéisteagan beaga; feumaidh iad feòil a bhi aca daonnan; cha toigh leò feur idir."

### Anns a' Bharaille

Bha fhios agam nach toigh leò luibhean mar bhiadh, oir leugh mi ann an leabhar a bha air a sgriobhadh le Frangach beachdail, gur fheàrr le famh famh eile itheadh seach fiacail a chur air luibh a dh' fhàs as an talamh. Tha iad cho gràineach air *vegetarianism* 's a bha am fear nach maireann, Professor Saintsbury.

Bha dà fhathm air an cur còmhla ann am bharaille fad oidhche, agus currain agus càl agus tùirneap air a thoirt dhaibh. An uair a shealladh orra anns a' mhadhninn cha robh aon ghréim air a théort as a chàl, no as na currain, ach bha té de na faimh air an té eile itheadh; cha d' fhàg i dhi ach an craicinn. Chan ith móran chrentairean an seòrsa féin, ged a dh' itheas iad crentairean eile; chan ith cù eù eile.

Chan 'eil creutair air an t-saoghal a dh' itheas uiread ri famh a réir a mhuedachd; ann an ceithir naire fishead ithidh e dlùth air a dhà chudthrom féin. Nach bu mhaith an stamag a bhiodh aig mac-màthar a dh' itheadh ochd fishead pùnnidh feòla ann an ceithir uaire fishead!

An uair a dh' itheas famh a shàth caidlidh e eadar ceithir agus sé uairean, ach an sin dùisgidh e air mhìre-chath leis an aeras, is théid e air an dearg chuthach gus am faigh e biadh, agus mun faigh e biadh bidh e marbh an taobh a stigh de cheithir naire fishead. Trì no ceithir a dh' uairean a h-uile là tha an t-acras-cuthaich so a' tighinn air; is dia dhà a bhrù.

### Seòlta agus làdir

Chan fhaca mi riamh so ann an leabhar, is chan 'eil urrainn agam air a sbon ach mo charaid, Pàraig, ach thubhairt e rinn uaireigin

nach bi am famh a' marbhadh nam beisteagan agus nan enuimhean a bhios e a' tional d'a stòr, a dh' fheitheamh air na làithean reòta anns nach bi e furasda dha sealg a dheanamh, ach gu'm bi e a' gearradh féith no *nerve* shònruichte ann an cùl na h-amhaich aca, a bheir bhupa am faireachadh agus an gluasad. Ma tha so fior, eo a theagaisg dha sin a dheanamh?

Chan 'eil creutair d'a mheudachd air an t-saoghal aig a bheil guillean agus casatoisich cho làdir ris. Bho chionn bhliadh-nachan thàinig mi air fear dhiubh anns a' ghàradh agus e a' cur na h-ùrach an uachdar; thàinig mi air gu failidh, agus m' an d' fhuaire e cothrom air teicheadh, thilg mi a mach e as an talamh le spàid. Rug mi beò air, ach thug mi an aire nach sgròbadh e mi le a spògan-toisich, far a bheil a neart. Bha mi air son fhaotainn a mach ciod an spionnadha a bha ann, is ciod an iùine a ghabhdh e a' cladhach tuill. Chuir mi sraing m'a theis-meadhoim, agus an sin leig mi gu làr e ann an talamh nach robh air a thiomndadh o chionn bliadhna, ach cho luath's a fhuaire e a shròn agus a spògan air an talamh bha e as an t-sealladh m' an deachaidh mi 'n am fhaireachadh, is bha sàs air mo làimh 'g a chumail air ais, mar gu'm biodh cù làdir agam air éill. Cha chreiddinn gu bheil creutair cho beag ris cho làdir.

### Sron gàidseir

Tha a chlaisteachd agus a shròn anabarrach geur, ach chan 'eil feum mór aige air fradharc, agus mar sin chan 'eil a shùilean ach mar gu'm biodh cùirnean príne, ach is cùis-eagail na fiaclan aige.

Ged tha e cronail aig amannan de'n bhliadhna tha e a' deanamh maith do'n tuathanach cuideachd, a' cumail sios chrentairean eile a bhiodh na bu chronaile air fad, agus a' leigil air falbh uisge anns na trannsaichean a tha e a' deanamh fo'n talamh. Ach tha am maith sin air a chall mur bheil na torran-ùrach a chuireas e an uachdar air an sgaoileadh gu cùramach aig an am cheart.

Tha uiread ainmean air an fhathm 's a tha air an naosg, ach chan 'eil ainn idir air ann an Tiriodh, a chiomh nach 'eil an creutair fhéin ann; chan aithne dhuinn e ach le bhi a' chinn-tinn muimntir Mhuile agus Latharna a' bruidhinn uime. Eilean an àigh!, gun rainneach, gun choinean, gun fhiadh, tri mallachdan an tnathanaich, agus tri cunnartan na Gàidh-cuthachd.

## Ciod e an

## Soisgeul?

**S**O an fhreagairt mu dheireadh a chnireadh Schugam do'n cheist a chuir "duine gun ainn." Tha Facal na firinn ag ràdh,

"Far nach 'eil comhairle, tuitidh sluagh, ach ann an lionmhorachd luchd-comhairle tha teàruinteachd." Thug sia ministearan, sean

? We have received already a corrected proof from you of the article "Ciod e an

agus òg, am beachd agus an comhairle do'n fhearr a chuir a' cheist; ma tha e fhathast iomgaineach gu treibhdhireach, éisdeadh e gu h-iriosal ris na tha Spiorad an Tighearn ag ràdh ris 'na chridhe agus 'na choguis féin. Théid agam-sa agus aig ministearan eile air a' Bhiobull agus air firinnean a' Bhiobuill a theagascg do dhaoine, ach is e an Spiorad Naomh a mhàin a bheir rùn-dòmhair an Tighearna dhaibh, no a dhùisgeas creideamh, no eagal diadhaidh, no dearbhachd spioradail 'n an anam.

\* \* \* \* \*

### Leis an Ollamh Colla Dòmhnullach, an Lagan-mo-Choid

Tha mi fo throm amharus gu'm fuasgladh "duine gun ainnm" a cheist féin na'n togradh e. Bha e a' tadhall na h-eaglais gu diehlachadh fad leth-cheud bliadhna, agus is truagh a chàradh ma tha e fhathast gun fhios ciod a tha an eaglais a' ciallachadh leis an t-soisgeul.

Ann an tùs a làithean bhiodh e ag éisdeachd mhiniestaran a bha a' searmonachadh mu innleachd na slàinte a h-uile Sàbaid. Tha cuimhne agam gú math air an t-seòrsa. Bu choma ciod an ceann-teagaisg a bhiodh aca, bha trian de'n t-searmon mu innleachd na slàinte. Cha robh neach 'n an éisdeachd nach cuala gu'n do thuit an cinneadh-daonna ann am peacadh Adhaimh; gur peacaich sinn uile gu nàdura.

Ach cha b'ann air peacadh a mhàin a labhair na seann mhiniestaran, ach air tròcail agus gràdh Dhe a mhaiteas peacanna dhaoine. "Ged robh 'ur peacanna mar an scàrlaid, bithidh iad geal mar an sneachda." Chan ann air sgàth ar n-ìmhachd ach o lànachd a ghràidh, an gràdh a dhearbh E an uair a chuir E Mac a Ghràidh a shireadh agus a theàrnadh pheacach. Ma's toiseach iompachaidd aideachadh peacaidd, cò a their nach robh na seann mhiniestaran ceart? An diugh cha leugh thu mu pheacadh fo cheann gu ceann de'u bhliadhna, agus mur cluinn thu gur peacach thu 'san

eaglais cha cluinni thu idir e. Is e cho mór agus a tha an àireamh aig nach 'eil fios no faireachadh gur peacaich iad a tha a' fágail eaglaisean falamh an diugh. Cò an diugh a tha air a léireadh agus air a ghonadh le peacadh gus an glaodh e "och, is duine truagh mi! Cò a shaoras mi o chorp a' bhàis so? Tha mi' tort buidheachais do Dhia tre Iosa Criod, ar Tighearna."

Sin agad, fhir gun ainnm, seòladh air an t-slighe—"tre Iosa Criod, ar Tighearna." Tha "duine gun ainnm" a' cur a cheisde air sheòl eile; co dhiubh is e ùmhachd do theagascg Chriod a shaoras mi no carbsa anns an iobairt-réite a thairg E do Dhia 'n am àite air Calbhari?

Ann am bheachd-sa, tha earbsa air thoiseach air ùmhachd, ach cha bhi ùmhachd gu bràth dealaitheach bho earbsa. Is e ùmhachd toradh na h-earbsa. Earb ann an gràdh Dhe ann an Iosa Criod, agus bi umhail do thoil Dhe mar a tha i air a foillseachadh dhuit, agus gheibh thu fuasgladh o chuing a' pheacaidd agus sith agus sonas ann an aonachd ri Dia.

Tha facal anns an Laidionn, *solvitur ambulando*. Is e sin, lean an solus agus gheibh thu tulileadh soillse gus fa-dheòidh ami bris ort an Solus néamhaidh 'na lànachd agus 'na ionlanachd.

Aon fhacal eile. Cha soilleirich eadhon briathran gach ciùis. Bha fear a' beachdachadh air dealbh, "Dol fodha na gréine" a tharruing làmh ghrinn Mhic-an-Tuairneir, agus thubhaint e "chan fhaca mise riamh dol fodha na gréine cho maiseach agus cho glòrmhor agus a chuir thusa air canabhas." "Nach b' fheàrr leat gu'm faca" thubhaint Mac-an-Tuairneir.

Innis do'n dall fad là agus oidheche ann am briathran taghta mu mhaisc na machair uaine air a breacadh le ditheannan ann an òg-mhiòs an t-samhraidh, ach cha teid agad air dealbh a dhùsgadh ann an inntinn an doill. Theagamh nach 'eil mi a' tort còmhnhadh sam bith do'n "duine gun ainnm" 'na thòireachd, aeh gluaiseadh e a réir toil Dhe agus ann an spiorad Chriod agus bidh e slàn leis an t-slàinte a tha ann an Iosa Criod.

### Aig an Uinneig

AN dràsd 's a ris bithidh mi ag iarraidh air Aluchd-leughaidh nan duilleagan so crioman Gàidhlig a chur chugam, anns am faod iad seanchas a dheananmh air cuspair air bith as àill leo. Ach ma bhitheas, chan 'eil an seanchas a' tighnìn, ged tha àireamh nan daoine as urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh a' dol am meud a h-uile bliadhna. Chan 'eil an aireanh a tha 'g a bruidhinn a' dol am meud, ach tha barrachd dhaoine an Albainn an diugh as urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh na bha ann riann.

An uair a bhios iasgair scòlta ag iasgach le

madhar, mur gabh an t-iasg aon seòrsa cuileig, curidh e cuileag eile air an dubhan. Sin mar tha mise a' dol a dheananmh a nis; curidh mi a' chuireag as fheàrr a tha agam air an dubhan, an dòchas gun leum cuideigin rithe. So a' chuireag, ma ta, *duine air bith aig a bheil naidheachd ri innseadh m'a chù fhein*, gheibh e *cotromh air a h-innseadh air an duilleig so*.

Duine air bith a tha a' gleidheadh coin, ach a tha gun naidheachd aige air gliocas a' choin, a dhearbhadh gu bheil e na's glice na coin eile, sin agad duine nach 'eil airidh air cù a bhi aige.



## Gus an tig am fogharadh

"*Is cosmhail rioghachd nèimh ri duine a chuir siol maith 'n a fhearrann. . .*"—MATA XIII 24.

ANN an cosmhalachd a' chogail tha Criosd a' Teagasc dhuinn gun a bhi ag altrum dòchas faoin mu staid na h-eaglais air thalamh. Bha iadsan ris an robh e a' labhairt eòlach air teagasc Eoin a' Bhaistidh, agus bha cuimhne aca gu'n do labhair Eoin mu'n Mhesiah a bha teachd 'na dhéidh mar neach aig a bheil a ghuit 'na làimh, agus glanaidh e ùrlar-bualaidh, agus cruinnichidh e a chruthneachd d'a thigh-tasgaidh ; ach loisgidh e am moll le teine nach feudar a mhùchadh (Mata iii. 12).

Bha iad an dùil gu'n tigeadh e le breitheanas, ach 'na àite sin cha do ghlaodh e, ni mò a chualas a ghuth air na sràidibh : cha do bhris e a' chuire bhrùite, is cha do mhùch e an lòn as an robh deatach. Bha fiughair aig na h-Iudhaich ri breitheamh, ach feuch chunnaic iad *Slànuighear*. Bha dùil aca gu'm biodh an Rioghachd a chuir e air chois iomlan ; gu'n cruinnichteadh innse na h-ionracain uile, agus gu'n tilgteadh a mach aside na h-aingidh. Anns a' chosmhalachd so thubhairt Criosd riu,—Tachraidh sin, ach chad' thàinig an t-àm fhathast. Leigibh leis a' chruthneachd agus leis a' chogal fàs còmhla gus an tig am fogharadh, agus an cuir Mac an duine a mach 'ainglean, agus an cruinnich iad an cruthneachd d'a shabhal, agus an tilg iad an cogal's an teine.

## Cridhe an duine

I. *Tha cruthneachd is cogal a' fas taobh ri taobh an cridhe gach duine air thalamh.* Chan 'eil duine air bith iomlan, is cha mhò a tha duine air bith tur aingidh. Anns na daoine as fheàrr tha iomadh fàiling, is anns na daoine as miosa tha maitheas air chor-eigin. Saoilidh sinn 'nuair a leughas sinn mu dhroch ghnìomharan Nero nach robh ann ach sgealbh Shatan, ach an déidh a bhàis chaidh boirionnach air a' mheadhon-oidhche, agus chuir i flùr air uaigh. Bu léir dh' ise maith air chor-eigin ann.

Saoilidh sinn air uairean gu'n d' amais sinn air duine iomlan, duine anns nach 'eil ach smior a' chruthneachd, ach 'nuair a gheibh sinn na's dlùithe dha, is a dh' éisdeas sinn r'a chòmhchradh ri taobh a' ghealbhoinn, chi sinn gu bheil gas no dhà de 'n chogal ann mar an ceudna. Air an làimh eile saoilidh sinn air uairean gu'n d'amais sinn air dùi nam fear, duine anns nach 'eil dad ach cogal, ach 'nuair a thig sinn na's dlùithe dha, chi sinn an sud agus an so dias cruthneachd. Anns na naoimh as fheàrr chan

'eil an t-achadh aig Criosd dha fhéin gu buileach, agus anns na peacaich as seachranache chan 'eil e aig Satan. Tha an cruthneachd agus an cogal a' fas taobh ri taobh.

Is dàna, mata, an neach a tha deas gu breith a thoirt air daoine eile. Bu chòir dhuinn sin fhàgail aig Dia. Ma ghabhas sinne gnothuch ri rud nach aithne dhuinn, is dòcha gu'n téid sinn fada ceàrr ; gu'n toir sinn cuid nan gobhar do na caoraich. Cha lugha na Dia féin, a tha iomlan an èolas, an caomhalachd, agus an co-fhaireachduinn, a bheireadh breith chothromach air rud cho dìomhair, do-rannsaithe ri cridhe an duine.

## Obair ar làmh

II. *Tha cruthneachd is cogal a' fas taobh ri taobh anns a h-uile obair ris an cuir daoine an làmh.* 'Nuair a sgriobh Pol gu eaglais Chorint mhòl e i air son a h-eud, is thug e euidheachas do Dha air son a saothair agus a dichioll ann an seirbhis an t-soisgeil, ach leis an ath anail thuirt e—noch-dadh dhòmhsha gu bheil còmhstrij'n ur measg. Bha maith is olc, eud is còmhstrij, taobh ri taobh anns na h-aon daoine. Air cho eudmhor 's 'g am bi seirbhisich an Tighearn, is air cho aon-seulach 's 'g am bi iad 'nuair a chuireas iad romhpa töiseachadh air obair anns an Rioghachd, faodar a bhi cimteach nach téid i fad air a-haghaidh gus am bi a chorrag aig Satan innse. Far am bi daoine cruinn—co dhiu is buill eaglais iad no nach h-eadh—faodar a bhi cimteach gu'm bi farmad, is ubhar, is còmhstrij, is ráiteachas, is droch nàdur, an sin, agus iomadh rud eile nach buin do Dha.

Tha móran dhaoine ann a thilgeas bhuapa an obair, ma chi iad nach 'eil an companaich de 'n aon intinn riutha fhéin, no ma chuirear iad taobh ri taobh ri companaich nach còrd riu. B' fheàrr leo bhi 'n an tàmh seach a bhi air an salachadh le cogal. Ach cha b'e sin intinn Phòil. Bha comh-oibrichean aige-san ann an aobhar an t-soisgeil a bha maith is dona : bha cuid dhiu a' searmonachadh Chriosd tre phàrmad agus cuid eile tre dheagh-thoil, cuid tre chonn-spoid agus cuid eile o ghràdh, ach cha do chuir sin aon chuid ionghnadh no fearg air Pòl, agus is e a thubhairt e—"Ciod ma ta? Co aca is ann an coslas a mhàin, no da rìreadh, tha Criosd air a searmonachadh, tha mise a' deanamh gairdeachais" (Philip. i. 18). Mar gu'n abradh e ris na seirbhisich mhaith ; tha fhios agam

gu bheil compañaich agaibh a tha toirt oibhheim dhuibh a chionn gu bheil amharus agaibh nach 'eil annta ach cogal, ach biodh faidhidinn agaibh agus leigibh leò, giùlanaibh le fàilingean 'ur comh-oibricean ann an sith, oir tha an obair fhéin na's mothà na na seirbhisich.

### Faidhidinn Chriosd

Cha bhiodh ann ach amaideas saoibhneas a ghabhail, agus an obair a thilgeil as ar làmhan, mur faigh sim compañaich a réir ar n-inntinn, agus mur bi na seirbhisich uile ionlann : ni an duine glic a' chuid as fheàrr de'n chuid as miosa. Nach bu truagh eor an t-saoghal na'n do dhìult an Slànuighear sin a dheanamh ! Thog esan an gàradh le clachan a dhìult clachairean eile. Ghiùlain e le aineòlas, is laigse, is fàilingean nan abstol, gu faidhidinneach. B'e Iudas dias cogail cho salah agus cho puinnseanta's a dh' fhàs riamh ann an achadh, ach cha do spion Criosd as an talamh eadhon an dias sin. Cha do chuir e cùl ri Iudas gus an do chuir Iudas cùl-ris. Cha robh anns na h-abstoil aig an feabhas ach naoimh bhochda ; gu deireadh an latha bha iad fad o ionlanachd, ach ghiùlain Criosd leis a' chogal a bu léir dha annta air sgàth a' chruthneachd a bha a' fàs annta.

### Anns an eaglais

III. *Tha cruthneachd is cogal a' fàs taobh ri taobh anns an eaglais.* Is e an cruthneachd clann na Rioghachd agus an cogal clann an droch spioraid. Bha cealgairean agus mealltairean anns an eaglais o thoiseach, agus is coltach gu'm bi gu deireadh. Tha Criosd a' teagastg anns a' chosmhalachd so gur h-olc an gnothuch a bhi mar sin, ach nach gabh e leasachadh an dràsd. An uair a bha e fhéin air thalamh bha cuid 'ga leantuinn, "chan ann a chionn gu'm faca iad na mìorbhuiuach, ach a chionn gu'n d'ith iad de na builinnibh s'gu'n do shàsuicheadh iad" (Eoin vi. 26). Bha iad a' meas gur buannachd an diadhaidheachd.

Tha an seòrsa dhaoine so's an eaglais gus an diugh. Is maith leò ainm na diadhaidheachd a bhi aca, ged a tha iad caoin-shuarach mu'n tairbhe. Is maith leò a bhi am measg han caorach, ged nach toigh leò dealachadh ri nàdùr nan gobhar. Is beag aca ciod a shaoileas Dia dhùibh ma gheibh iad deagh chliù o dhaoine. Thubhaint an t-abstol Pol gu'm bu shuarach leis-san breitheanas dhaoine, *is e an Tighearn a bheir breith orm* (1 Cor. iv. 4) ach is e a theireadh móran, na'n labhradh iad an fhìrinn, gur suarach leòsan breitheanas Dhe seach breitheanas dhaoine. Bheir eagal dhaoine orra an taobh a muigh de'n chupan a għlanad, ged nach toir eagal Dhe orra an taobh a stigh dheth a għlanad. Aidichidh iad ainm Dhe am follias, ach an uaigneas cha dean iad a thoil.

Tha a' chealgaireachd dona gu leòr ann an

nithean saoghalta ach tha i seachd uairean na's miosa ann an nithean spioradail. Faodaidh na mealltairean sgleo a chur air stilean dhaoine, ach cha chuir iad sgleo air siul an Tighearn a tha mar mhile coinneal.

### Air a spionadh

Chuir e an dà chuid carraig is ionghnadh air na seirbhisich cogal a bhi a' fàs anns an fhearrann còmhla ris a' chruthneachd, agus na'n d' fhuaire iad an dòigh fhéin spionadh iad as a fhreumhaichean gach gas dheth,— "An àill leat gu'n téid sinne agus gu'n cruinich sinn ri chéile iad ?" Ged nach tug Tighearn an fhearrainn cead dhaibh sin a dheanamh, faoidh sinn a bhi cinnteach nach robh e diombach gu'n d' iarr iad an cothrom. Thuig e gur e meud an eud agus an dilseachd a thug orra a bhi 'na leithid de chabhaig.

Is duine suarach esan nach d'thàinig e riamh 'na inntinn an glanadh ceudna a dheanamh air eaglais Chriosd, a thaig na seirbhisich so a dheanamh air an achadh arbhair. Air uairean saoiliadh sinn gur gnothuch furasd e, ach tha Criosd a' teagastg nach 'eil e idir cho furasd a's tha sinn an dìul. Tha e 'na aobhar bròin do Cheann na h-eaglais mealltairean, a bhi an taobh a stigh d'a geatachan cho maith ri fior Chriosdudhean, ach tha e ag iarraidh oirre giùlán leis na cealgairean gu faidhinneach air sgàth nan Criosdudhean, dàil a chur anns an dealachadh gus an tig am Fogharadh.

Bu mhaith do'n eaglais na'n do lean i teagastg a Maighstir. Bha amannan 'na h-eachdraidh anns an do shaoil i gu robh i na bu ghlice na esan, agus ghabh i cuisean 'na làimh fhéin. Chuir i roimhpe nach fuilingeadh i an cogal na b' fhaidhe, ach is e bu deireadh do'n gnothuch gu'n do thilg i mach na martaraich agus feedh-ainn eile ris an abrar an diugh smior a' chruthneachd. 'Nuair a thòisichear air spionadh, is tric a gheibh an cogal a chuid as fhèarr dheth. Faodaidh Seanadh, is Cléirean, is Seiseinean na h-eaglais, gach dearbhadh a thogras iad a chur air na buill a thaobh beatha's creideamh—is tha e iomchuidh is freagarrach gu'n deanadh iad sin—ach 'na dheidh sin uile bidh an cruthneachd agus an cogal taobh ri taobh 's an eaglais fhaiesinnich. Bidh euid a muigh a bu chóir a bhi stigh, is bidh ainmean air an sgrìobhadh an leabhrachaean comanachaidh nach 'eil sgrìobhta an Leabhar na Beatha air nèamh. Tha diomhaireachd 's an leabhar sin a bhios air a chleith o'n t-saoghal gus an cur Dia a mach, mar bhuanachaean, na h-ainglean.

### Am fogharadh

IV. *Tha am fogharadh a' teachd.* "Cuiridh Mac an duine a'inglean uaith, agus tionailidh iad as a Rioghachd na h-uile nithe a bheir

oilbheum, agus iadsan a ta deanamh aingidh-eachd."

Is e ar gliocas briathran cho sòluimte is cho eagallach riutha so fhàgail mar tha iad. Chan 'eil ach aon neach aig a bheil còir labhairt air na nithean a bhuineas do là a' bhreitheanas, agus e is sin Criod, d'an d' thug an t-Athair ùghdarars chum breith a thoirt (Eoin vi. 27).

Cha bhuin e dhunne a radh co dhiu is tearc no is lionmhòr iad ris an cuir Mac an duine cùl, ach faodaidh sinn a bhi cinnteach nach téid aon

dias cruitheachd seachad air a shùil. Cha dean esan mearachd: ann am breitheanas cuimhnichidh e tràcair. Ach buinidh e dhuinn dichioll a dheanamh chum ar gairm agus ar taghadh fhéin a dheanamh cinnteach. Tha esan fa chomhair an seas sinn air an là sin mar Bhreitheamh, a' labhairt ruinn an diugh mar Shlànuighear. Thàinig e a thèarnadh pheacach agus chan ann 'gan diteadh. Tha barrachd tlachd aige ann an tràcair na tha aige ann am breitheanas.

## Ann an Craoibh

**B**HO chionn ghoirid bha mi ann an eaglais Ban Naoimh Micheal ann an Craoibh an là a bha mo sheana choimhearsnach, an t-Urramach Teàrlach Hepburn, B.D., am Bailechloichridh, air a phòsadhl rithe le Cléir Uachdar-Ardair. Tha an eaglais mór agus maiseach; bha an coimhthional mór cuideachd, is tha mi an dùil nach robh mi riamh aig seirbhis de'n t-seòrsa a bu shòluimte no a b' fheàrr a thaitinn rium. Ach bha aon ni a thaitinn rium cho mór 's gu'n do chuir mi romham m' an d' fhàg mi an eaglais gu'n curirn sios é air an duilleig so, a thoirt toileachaidh do'n fheadhainn a bhios 'g a leughadh. A réir gnàths na h-eaglais agaíenne, an uair a tha ministear air a shuidheachadh os cionn coimhthionail, tha earail agus comhairle air a thoirt dha le aon d'a bhràithrean anns a' Chléir a thaobh na dòighe anns a bheil e iomchuidh gu'm biodh dreuchd na ministrealachd air a coimhlionadh. Bha an dleasdanas so air a chur air an Urramach Iain D. Neilson, M.A., an Cuimirigh, ach ged a labhair esan ann am Beurla cuiridh mì fhéin ann an Gàidhlig na thubhairt e, no brigh a sheanchais co dhiu.

### Ris a' Mhinistear

Labhair e an toiseach ris a' mhiniestear a bhatar a' suidheachadh, "An diugh," ars esan, "an uair a thusa agus do choimhthional ag iocadh 'un bòidean do Dhia as ùr, tha mise a' cur failte chridheil ort an ainnm na Cléire, agus a' deanamh do bheatha do'n eaglais agus do'n sgìreachd so. Tha sinn uile a' guidhe gu'm bi soirbheachadh agus sonas agad ann ad obair ann measg a' choimhthionail so, a' searmonachadh soisgeul na réite."

"Tha rud no dhà a bhuineas d' ar n-obair mar theachdairean Chriod air am bu mhaith leam bruidhinn riut a nis, agus gu sònruchta a chur 'n ad chuimhe gur e gairm ard agus uasal a tha ann an dreuchd na ministrealachd. Ma leugh thu *Turus a' Chriosduidh*, mar is cinnteach a rinn thu, bitidh cuimhne agad air an dealbh

ud a chunnaic Criosduidh ann an tigh an Fhirmineachaiddh. An uair a las am Fear-mineachaidh coinneal, agus a chaidh iad a steach do'n t-seòmar, chunnaic Criosduidh an crochadh air a' bhalla dealbh duine air an robh coslas diadhaidh agus stòlda, a shùilean togta ri nèamh; an leabhar as fhéarr 'na làimh; lagh na firinn sgriobhta air a bhilean; an saoghal air a chùl; crùn oir air a cheann, agus e 'na sheasamh mar gu'm biodh e a' cur impidh air daoine. Cha ruig mise leas a ràdh ciod a tha an dealbh so a' ciallachadh; ann am beagan bhriathran tharruig Iain Bunyan dealbh an fhòr mhinisteir.

### Na comharraidhean

I. "Duine diadhaidh agus stòlda, agus a shùilean air nèamh,"—sin agad na comharraidhean gu'n do choisrigeadh e do Dhia. Tha stòldachd agus stòldachd, tromadas agus tromadas, ann. Chan e duine air a bheil aghaidh fhada, no duine a tha trom agus dubhach 'na inntinn, no duine a bhios ag osnaich gun sgur, a bha Iain Bunyan a' ciallachadh le duine stòlda, ach duine a tha suidhichte 'na inntinn agus 'na għluasad a chionn gu bheil e a' làimhseachadh nithean móra agus sòlunte. Chan 'eil aghaidh mhùigeach a' freagairt air sgeul aoibhneach an t-soisgeil, ach cha mhò a tha aotrumas no faoineas a' freagairt air teachdairean Chriod. Ged nach biodh dad eile 'ga chur 'n an cuimhne ach an colair agus an deise a tha orra bu chòir do mhiniestaran a chuimhneachadh gu robh iad air an cur air leth o dhaoine eile gu bhi a' làimhseachadh nithean naomha, agus mar sin gu bheil e air iarraidh orra a bhi stòlda agus naomh iad féin, mar dhaoine a tha a' deanamh gnothuich ri Dia.

An uair a tha shùilean duine togta ri nèamh chi e nithean an t-saoghall so agus na daoine ris a bheil a ghnothuich mar tha Dia 'g am faicinn. An uair a tha aodhair a' dol a mach agus a steach am measg an t-slugaigh chi e agus cuimnidh e ionadh rud a bheir air a shaolsinn

nach 'eil ann an cloinn—daoine ach creatairean suarach nach fhiach a bhi a' strí riú. Ach chan 'eil e ceart do mhiniestar leigeil le smuaintean de'n t-seòrsa sin freumhachadh 'na chridhe, agus cha mhò a fhreumhaicheas iad ann ma chumas e a shilean féin togta ri nèamh. Ma tha umha ann an nàdùr mhic an duine tha òr am cuideachd; am peacach as miosa agus as cruidhe cridhe tha iomhaigh Dhe air agus faodaidh e cumhachd fhaotainn a bhi 'na mhac do Dhia. Ma tha stíleán ministir togta ri nèamh chi e an t-òr a tha ann an cridheachan peacach, agus chi e cuideachd gur e a dhleas-danas-san feuchainn ris an òr sin a ghlanadh gus am bi e flor-ghlan.

### Ar Gairm

II. “Bha lagh na firinn air a bhilean, agus e 'na sheasamh mar gu'm biodh e a' cur impidh air daoine;” sin ar gairm agus ar n-acfhuinn. Tha sinn air ar gairm gu bhi a' cur impidh air daoine a bhi réidh ri Dia, agus is é ar n-acfhuinn, *lagh na firinn air ar bilean*. Faodaidh ministir a bhi driopail o cheann gu ceann de 'n t-seachduin; a' ruith a null agus a nall, a' deanamh sud agus so, 'ga chumail féin trang le turusan agus saothair gun fhiù, agus gun a bhi a' deanamh dad idir a bhuiunes do'n mhiniestrealachd spioradail a bu chòir dha a choimhlionadh. “Pillibh, pillibh, car son a bhàsaicheas sibh?”; tha an glaodh sin cho feumail ann am beul mhiniestaran an diugh 's a bha e ann an làithean Eseciel. Ann an searmonachadh an t-soisgeul tha iomadh tälant feumail agus maith do mhiniestar a bhi aige; èolas, agus tuigse, agus deas-chainnit, agus cuimhne mhaith, ach tha e na's fhearr na na nithean sin uile gu'm biodh eud agus dùrrachd 'na chridhe a bhi a' tagar ri peacach as leth Chriosd; mar tha Pol ag ràdh, “Uine sin is teachdairean sinn air son Chriosd, mar gu'n cuireadh Dia impidh leinne; tha sinn a' guidhe oirbh as uchd Chriosd, bithibh réidh ri Dia.”

### An Crùn

III. “Bha an saoghal air a chùl agus crùn òir os cionn a chinn.” Chan ann air son duais a tha sinn a' saothrachadh, ach air a shon sin, is maith gu bheil ar duais cinnteach. Chan e duais shaoghalta a tha againn, agus cha b' fhiach do dhuiine turail air bith dreuchd na ministrealachd a ghabhail as làimh mur biodh dad 's an t-sealladh aige ach a thuarasdal. Ach tha duais as fhearr na sin aig teachdairean an t-soisgeil. Nach mór an duais a tha aca anns a' chàirdeas agus ains a' chaidreamh bhlàth a tha edar iad féin agus na teaghlaichean air am bi iad a' tadhall; a' bhann bhlàth a tha edar iad agus an òigradh, clann na sgoil Shàbaid, agus classaichean a' Bhiobuill! Nach mór an

duais a tha aca an uair a dh' fhosglas iad na sgriobturan do dhaoine eile, agus gu sònruichte an uair a dhùisgeas Spiorad an Tighearn peacaich gu aithreachas fo an searmonachadh!

Ach tha an crùn os cionn ar cinn; tha e ri bhi fathast air a chosnad. “Chan e gu'n d' ràinig mi cheana, no gu bheil mi cheana fairfe, ach tha mi a' leantuinn, dh' fheuchainn am faigh mi greim de'n ni sin féin air son an do ghabhadh greim dhom le Iosa Criosd.”

### An Leabhar

IV. “An leabhar as fheàrr 'na làimh.” Is e am Biobull an leabhar-teagaig as a bheil sinn a' toirt earailean do dhaoine eile, ach is e am Biobull ar n-aran-beatha féin. Chan urrainn ministir aran na beatha a roinn d'a choimhthionail mur bheil càil aige féin air a shon. Tha e a cheart cho duilich do dhuiine anam a chumail beò gun a bhi a beathachadh air facial Dhe's a bhiodh e duilich dha a chorpa chumail ann an slàinte gun bhiadh. Oir is e Facal an Tighearn aon de na meadhonan as fheàrr gus ar cumail ann an dlùths ri Criosd ar Slànuighean, ar Solus, agus ar Neart.

\* \* \* \* \*

An sin thus Mghr Neilson an earail so do'n choimhthional. “Ghabh sibhse,” ars esan, “bòidean sòluimte oirbh féin an diugh; rinn sibh féin agus 'ur ministir cùmhant ri chéile, agus tha e mar fhiachaibh oirbhse mar tha e mar fhiachaibh airson na bòidean sin a choimhthionadh. Tha e an urra ruibhse co dhiu a bhios 'ur ministir sona agus toilichte 'n 'ur measg no nach bi, agus co dhiu a bhios a shaothair soirbheachail no nach bi.”

“Cuimhnichibh gur duine e coltach ruibh féin, agus nach ruig sibh a leas duil a bhi agaibh gu'm bi e iomlan anns gach ciùis no ceum. Bidh iomadh camadh 'n a chrannchur agus duilgh-eadas 'na bheatha nach aithne dhuibhse; mar sin bithibh faidhidinneach ris, agus creidibh daonnan gu bheil e a' feuchainn ri frithealadh a dheanamh dhuibhse gu dileas agus gu gràdhach. Bithibh ag ùrnugha air a shon.”

“Ach cuimhnichibh gur ministir e cuideachd, agus mar sin gu'm faod sibh duil a bhi agaibh gu bheil ni-eigin aige ri thoirt dhuibh air a bheil feum agaibh. Biodh càil agaibh do theaghasp spioradail agus gheibh sibh teaghasp spioradail; ma bhios fuachd anns na suidheachain fàsaidh a' chùbaid fuar cuideachd. Cuidichibh leis ann an obair an Tighearna, chan ann a chionn gur maith leibh uайл a dheanamh as 'ur n-oibricean féin, ach a chionn gur pobull saorta an Tighearna sibh, oir cheannaicheadh le luach sibh, ful phriseil an t-Slànuigheir d'a bheil sibh fo fhiachan gu bràth.”

## An diadhaidheachd fhiorghlan

**T**HEIREADH an t-abstol Seumas gur e an diadhaidheachd fhiorghlan dilleachdain fhiosrachadh 'n an trioblaidean. Ma tha sin fior, agus chan abradh an t-abstol e mur bith-eadh e flor, nach ann air ceann Uilleam Quarrier a bhios an coron gloire aig teachd Criod, oir b' esan da rìreadh caraid nan dilleachdan. Tha mi ag ainmeachadh an duine mhaith so an dràsd an dòchas gu'n cuidich an fheadhainn sin d' ar luchd-leughaidh nach 'eil 'g a dheanamh cheana an obair Chriosdail a tha dol air aghaidh aig Drochaid-Weir.

An uair a thàinig D. L. Moody do Ghaschu ann an 1874 bha e air a bhioradh 'n a chridhe le seallaidhean a chunnaic e air na sràidean; clann bheag is neul an acrais air an aodainn, gun stíll de 'n a oadach orra, cas-rùisgte is ceann-rùisgte. Ghairm e coinneamh a dh' fheuchainn an gabhadh dad deanamh air an son. Am measg nan daoine a chaidh do'n choinneamh sin bha Uilleam Quarrier, duine aig an robh gaol air na leanaban, agus a bha cheana a' deanamh a dhichill gus cobhair a thoirt daibh. Bho thàinig e gu ire duíne bha e 'n a intinn töiseachadh air na dilleachdai a theàrnadh le dachaидh ur a thoirt daibh ann an Tighean-fasgaidh a bhiadh air an togail air an son. Dh' innis e do chàch ciod a bha 'n a intinn, agus thug iad uile am beannachd dha.

### Tighean-fasgaidh

Cheannaich e dà fhichead acair de fbearann aig Drochaid-Weir, agus thòisich e air na Tighean-fasgaidh a thogail, a réir mar bha comas aige dol air aghaidh. Ann am beagan bhiadhachan bha deich Tighean aige, agus iad uile làn de chloinn. Ach a h-uile bliadhna bha an obair a' fàs, is bha daoine caomhail eile 'ga chuideachadh cho fialaidh, 's nach b' fhada gus am b' fheudar dha tuilleadh fearainn a cheannach. Dh' fhàs an aon bheag 'na mile, agus na deich tighean 'n am baile mòr, oir luathaich an Tighearna an obair 'n a thràth. An diugh tha oighreacht bheag aca, sé ficehead deug acair air a bheil trì ficehead's a còig deug de thighean, agus càrr air dà mhile duine anna. A thuilleadh air fasgadh a thoirt do dhilleachd an agus do chloinn eile a tha gun chùl-taice tha na tighean-didein so a' gabhail ri truaghain eile, ri daoine air a bheil caitheamh no an tineas-tuiteamach agus nach h-urrainn an aire a thoirt daibh féin.

Gus an obair mhaith so a chumail air a h-agaidh tha £70,000 a dhith orra a h-uile bliadhna, ach ged a tha an t-suim mór, tha iad a' faotainn an airgid gu réidh, agus cha robh iad

riamh ann an ainbheach. Coltach ri Seòras Muller a bha ann am Bristol, agus ri Mairi Slessor, a bha 'n a soisgeulaiche ann an Calabar, chan 'eil iad a' gabhail dòigh shònruichte air bith air an airgiot so a thruiseadh ach a mhàin gu bheil iad 'g a iarraidh air Dia ann an ùrnuigh, agus tha an iarrtus air a thoirt daibh.

Tha móran dhaoine ann nach creid facal dheth so; a shaoleas nach 'eil ann ach faoineas no eadhon ladarnas ar taic a leigeil ri Dia anns an dòigh so, agus ar èuisean fhàgail 'n a làmhan. Tha fhios agam glé mhaith nach cuireadh dad a b' urrainn mise a ràdh riu as am beachd iad, agus mar sin cha téid mi ann an argumaid riu, ach is e so aon ni a their mi nach ann aig na h-ana-creidich a tha am fiosrachadh as fleàr air dòighean is cumhachd an Tighearna ach aca-san a tha a' cur an uile earbsa ann. "Tha rùndiomhair an Tighearna aca-san d' an eagal e." Duine a tha a chridhe socruichte air Dia, agus 'anam aonaichte is coisrigte d'a sheirbhis, sin agad duine a chuireas beanntan as a rathad le ùrnuigh.

Uile gu léir fhuair còrr is fichead mile de chloinn dachaidh bhlàth is oileanachadh diadhaidh anns na Tigheanso, agus dhiubh sin bha còrr agus seachd mile air an cur a mach do Chanada, a dhol air cheann an cosnaidh. Shoirbhich an saoghal gu maith le cuid dhiubh, agus a h-uile bliadhna tha iad a' cuimhmeachadh nan Tighean-fasgaidh aig Quarrier, a thog as a' chlàbar iad agus a shocruich an casan air a' charraig. Bho gach dùthaich fo'n ghréin, agus leis gach posta, tha litrichean de 'n t-seòrsa so a' tighinn gu Drochaid-Weir o dhaoine aig a bheil spiorad Chriosd 'n an eridhe.

### Litir o Chian

"*Tha mi a' cur thugaibh còig puinnd Shásunnach le mo bheannachd. Na bithibh aig an dragh fios-freagairt a thoirt do'n litir so, oir chan aithne dhuibh mì agus chan aithne dhòmhaisa sibhse. Ach chuala mi mu'n obair a tha sibh a' deanamh as leth na cloinne, agus bu mhaith leam beagan cuideachaidh a deanamh leibh.*"

Is e so obair an Tighearna, da-rìreadh; obair a dh' fhaodas a bhi air a h-ainmeachadh maille ris na h-ióngantasan a leughar ann an Gniomharan nan abstol, toradh an Spioraid Naoimh. Tha cuimhne agaibh air an fhacal a thubhairt Lucas ann an toiseach an leabhair sin, "na nithean," ars' esan, "a thòisich Criod air a deanamh." Thòisich obair Chriosd bho chionn dlùth air dà mhile bliadhna ach cha do sguir i fhat hast, agus cha sguir i gu bràth gus am bi toil Dhé air a deanamh air an talamh mar tha i air a deanamh ann an nèamh. Chan

e toil Dhé gu'm biodh páisdean a' fulang an acais, ach ciod am meadhon a tha aig Dia air a thoil a chur an gniomh ach làmhan caomhail is cridheachan fial a shluaign? "Is mise an fhionain," arsa Criod, "agus is sibhse na geugan." Tha am facial sin domhain is briogh-mhor, agus tha e a' ciallachadh rud no dhà, ach am measg nithean eile tha e a' ciallachadh so, gur e luchd-leanmuinn Chriosd an diugh, ann an da rìreadh, a làmhan agus a chàsan leis a bheil e a' dol a mach air thuruasan na tròcair. Ma tha cridheachan spiocach againne, is làmhan dùinte, is casan mall, nach 'eil sinn a' cumhannachadh tròcair an Tighearna, agus a' cur bacaidh air 'obair?

### A réir mar a shoirbhich leibh

Tha an sean-fhalac ag ràdh nach cron e ann an duine a bhi fial, agus tha an soisgeul ag ràdh

an ni ceudna. Cha toigh le Dia daoine cumhann spiocach nach smuainich latha 's a' bhliadhna ach orra fhéin, ach is toigh leis daoine anns a bheil iochd. Tha e féin iochdmhor is uasal; agus ghràdhach e an saoghal cho mór 's gu'n d' thug e seachad a Mhac.

Tha iomadh dòigh anns am faod duine spiorad na diadhaidheachd a nochdadh, ach chan athine dhòmhsha dòigh as fheàrr na 'n dòigh a chomhairlich an t-abstol Seumas duinn an uair a thubhairt e, "Is e so an diadhaidheachd fhìor ghlan agus neo-shalach am fianuis Dhe agus an Athar, dilleachdain fhiosrachadh 'n an trioblaid." Ma shoirbhich Dia leat, a leugh-adair, agus gur h-urrainn duit a dheanamh, cuir do làmh 'n ad phòca agus thoir cuideachadh do na daoine a tha cuideachadh nam páisdean anns na Tighean-fasgaidh aig Quarrier ann an Drochaid-Weir.

## Aig an Uinneig

### An t-Urramach Iain R. Mac Aoidh, D.D.

**L**E bàs an duine so chaill an Eaglais Shaor Lao de na puista bu làidire a bha intte. Sin an aon fhacal as freagarrach air Iain R. Mac Aoidh, duine làidir. Cha chuala mi e riamh a' bruidhinn ach aon uair ann an Cardiff, far an do labhair e air àrd-uachdaranaich Dhe. Shaoileadh tu gur e Ionatan Edwards a bha a' bruidhinn, ach ged bha beachdan agus smuaintean anns an òraid ud ris nach gabhainn-sa air son an t-saoghal, bha e furasda fhacinn gur e duine làidir a bha 'g a liubhairt.

Rugadh e an Srathaidh, an Cataibh; bha e air oileanachadh an Obar-eadhain, an Cillrimhinn, agus an Dùn-éideann; bha e a' seásamh cho làdir air teagast agus air dòighean aithrichcean Rois 's gu'n do dhealaich e ris an eaglais Shaoir aig àm an *Declaratory Act*. Bha e 'n a mhiniestar ann an Geàrr Loch, anns an eaglais Shaoir Chléireachail, o 1893 gu 1900, agus ann an Inbhir Nis o 1900 gu 1918. An uair a bha e ann an Geàrr Loch bha seòrsa de Chollaist aige dha féin, far an robh e a' teagast agus dhaoinne òga air son na ministrealachd.

An déidh dha an eaglais Shaoir Chléireachail fhàgail agus dol do'n eaglais Shaoir rinneadh Professor dheth an ath bhliadhna ann an Collaist na h-eaglaise Saoire, an Dùn-éideann. Bha e 'n a sgilear math; thus Oilthigh Chill-rimhinn D.D. dha ann an 1926, is bha e 'n a Mhoderàtor anns an eaglais Shaoir ann an 1929. Is ann annamh a bheir eaglais air bith an t-urram do dhuiñe nach robh fada intte a thus an eaglais Shaoir do Iain R. Mac Aoidh. Ach b' ann de fhior stoc na h-eaglaise Saoire e gu nàdurra. Duine làidir.

### An t-Urramach Dòmhnull Caimbeul

Bidh móran dhaoine anns an eaglais dulich gu bheil Dòmhnull Caimbeul, ministear Coit Ghartain agus Cinn Chàrdainn, a' fagail na cathrach am bliadhna, mar cheann-suidhe na Comhairle a tha a' sealntainn thairis air obair na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Annas na seann làithean an eaglais na h-Alba, aon uair 's gu'n cuireamaid duine anns a' chathair, dh' fhàgamaid intte e fad uile làithean a mhiniestrealachd, air chor agus gu'm b'e fear-na-cathrach sgiobair a' bhàta gun teagamh. Ach an diugh chan 'eilear a' fagail duine anns a' chathair ach trì bliadhna, dìreach mar a bheirear do sheòladairean an tacan féin de'n chuibhill. B' fheàrr leam an t-seann dòigh fada cian.

Cha mhòr dhaoine anns an eaglais a tha cho eòlach air an obair a thatar a' deanamh anns a' Ghàidhealtachd ri Dòmhnull Caimbeul, agus chan 'eil duine idir aig a bheil barrachd iùdh intte. Bha e air a' Comhairle so bho thàining an dà eaglais còmhla, agus fada roimh sin bha e oirre anns an eaglais Shaoir Aonaichte. Bha e eòig bliadhna fichead oirre uile gu léir, agus fad trì dhiubh sin bha e 'na fhear-na-cathrach. Cha b' urrainn a' Comhairle fear-cathrach a b' fheàrr a bhi aice na Dòmhnull Caimbeul, oir b' aithne dha a ghnothuch, is bha sith 'na ghuth agus 'n a aodann daonnan. Chan 'eil teagamh nach toir an Seanadh am bliadhna taing na h-eaglais.dha.

Tha mi a' cluinnint gur e an t-Urramach Alasdair Dòmhnullach, M.A., an eaglais Chaluim-cille, an Glaschu, a thatar a' cur 'na àite.

## An t-Urramach Niall Mac Fhionghuin nach maireann

Bidh ionndrainn air Niall D. C. Mac Fhionghuin ann an Earra-Ghàidheal agus ann an Glaschu, far an robh móran luchd-eòlaist aige. Cha robh e ach còig agus trì ficead an uair a shiubhail e.

Ged a rugadh 's a thogadh e an Glaschu, bhuiteadh a chuideachd do Thiriodh; bha e air oilleanachadh an Oilthigh Glaschu; fhuaire e cead searmonachaiddh bho Chléir Ile an 1900,

agus an déidh dha a bhi greis 'n a fhear-cuid-eachaidh an eaglais Chaluim-Cille an Glaschu, far an robh athair 'n a fhoirbheach, bha e air a shuidheachadh an Cill-Chreanain an 1905, sgir lethoireach nach d' fhág e riamh.

Ged nach b' aithne dhomh e gu pearsona bhithinn a' cluinnntinn o bhràithrean ann an Cléir Lathurn gu'm bu duine réidh, coibhneil e; gu robh e èasgaidh agus fuasgaitle an làithean òige, agus dicheallach ann an obair na sgìreachd. Greis m'an do shiubhail e cha robh a shláinte ro mhaith.

## An t-Urr. Donnchadh Mac Gille-Bhràigh nach maireann

**B**HA eòlaich duilich a chluinntinn mu bhàs an duine choibhneil, laghaich so, o chionn ghoirid.

Rugadh Donnchadh Mac Gille-Bhràigh an sgìreachd Dhéimhidh ann an 1864, agus fhuaire e fhoghluum an sgoil Dhùin-glaís, agus an oilthighean Ghlaschu agus Dhùn-éideann. Chaidh a chur air leth air son na ministrealachd leis an Eaglais Shaoir ann an 1907; bha e 'na fhear-cuideachaidh an Govan dà bhliaidhna, agus an sin, chaidh a phòsadh ri comh-thionnl Eaglais Shaor Thobar-Mhoire. A Muile chaidh e dh' Eaglais na h-Alba am Beinn a' Bhaoghlann ann an 1914. Chaidh a ghairm gu eaglais

Hutchesontown an Glaschu ann an 1921. Leig e dheth uallach a dhreuchd greis mhath mu'n do dh'eung e.

'Se duine tapaidh, fuasgalteach a bha ann an Donnchadh Mac Gille-Bhràigh. Coisiche cho math 's a bha 's an Eilean Fhada, bha e treun, calma 'na bhodhaig, agus cha chuireadh fuachd is fiuchadh, a chuireadh as a dh' iomadh fear, teamhall air.

Searmonaiche soisgeulach, ministear saothrachail, duine sunndach, càirdeil, gun mheud-mhór, gun droch amharus, bidh cuimhne chaomh aig móran air.

*An t-Urr Seòras Mac Coinnich,  
an Grianaig.*

## Buaidh an t-Soisgeil air an t-Saoghal

LEIS AN URR. T. M. MACCALMAIN, M.A., EGLAIS CHALUIM-CILLE, AN GOVAN, GLASCHU

IS tric a chluinnear daoine, agus gu sòn-ruichte seann daoine, a' moladh nan làithean a dh'aom agus a' dì-moladh na h-aimsir a ta làthair an coimeas ris na làithean ud. A réir coltais, chan e a mhàin tide a tha sìor-dhol am miosad ach a h-uile ni, tarbhachd na talmhainn, dòighean an t-saoghal, beusan dhaoine, agus cùisean spioradail.

Their daoine gu'n robh barrachd de charth-annas is càirdeas is toileachadh am measg sluaigh r'an ceud chuimhne-san na tha ann an diugh; gu'n robh na rioghachdan na bu shiobh-alta, am fonn na's toraiche, na geomhraidhean na's ciùne agus na samhradhainn na's tiorama na tha iad an diugh. Cha robh leithid Hitler no Mhussolini ann gu bhi deanamh buairidh eadar rioghachdan. Bha am mór-shluagh a' frithetaladh air meadhonan-gràis mar nach 'eil iad a nis.

Gun teagamh tha móran firinn an sin, agus is cinniteach gu'm bheil nithean ann an diugh—

nithean a b' fheàrr a bhi as an aonais—nach robh ann ceud bliadhna air ais. Ach tha mar an ceudna nithean maithe ann an diugh nach robh ann roimhe, agus bha droch nithean ann o shean nach fhaighear 'n ar measg anns an linn so.

### Breith chothromach

Mar is trice, an uair a bhitheas neach a' gearan mu'n droch-chlaonadh a tha air tighinn air an t-saoghal, is ann a tha e a' coimeas ghnothaichean an là diugh ris mar a bha cùisean an àm òige fhein. Agus tha fhios aig gach aon gu'm bheil adharcean móra an còmhnuidh air a' chrodh a tha fad as, agus, doirbh 's gu'n robh làithean ar n-òige, tha sinn, air dhuinn a bhi 'g amharce air ais, 'g am faicinn mar troimh cheò bhàigheil, a' cuimhneachadh a' mhaith agus a' diochuimhneachadh a' chruaidh-chàs. Ma tha sinn dol a thoirt breith cheart air co dhiù tha no nach 'eil an saoghal a' dol am feabhas,

feumar sùil a chumail chan ann air cursa ghoirid ar beatha fein ach air na linntean fada. Chan e faireachduinn aon duine no tachartasan aon bheatha a dh' fhuasglas a' cheist, ach sealladh fada air eachdraidh an t-saoghal, oir, mar a thubhairt neach-eigin, is e eachdraidh an t-saoghal breitheanas an t-saoghal.

### Maighstir Lachlann

Gabhamaid an toiseach cuid de na cuspairean a dh' ainmch mi, a thaobh am bheil daoine air uairean a' deanamh caoidh. Faodar a ràdh gu'm bheil iad ro fhaoi gus iùine a chosg orra, ach chan 'eil rud sam bith faoin a tha ag aobhrachadh gearain do dhaoine, gu sònruichte gearán gun seagh 's gun bhonn. An uair a chluinneas mi neach a' di-moladh na h-aimsir agus ag innse cho fallain freagarrach agus a bha an tide leth-cheud bliadhna air ais, bithidh a' tighinn am cluimhne briathran a sgriobh an t-Urr. Lachlann MacCinnich ("Maighstir Lachlann"), ministear Loch Carrann, anns a' bhliadhna 1794. "Tha an t-uisge daonnan a' sileadh anns an àite so," ars' esan, "ach o chionn beagan bhliadhnaichean saoilear gu'm bheil an aimsir a' fas na' miosa. Gabhar a h-uile rud mar chomharradh gu'm bheil e dol a shileadh. Ma bhitheas an latha blàth no teth, bithidh an t-uisge againn a dh' aithghearr. Ma thòisicheas feannag ri geòlam, 's ann a' glaodhaich air son uisge a tha i; ma dhorch-aichear na neòil no ma bhitheas ceò air nullach nam beann, thig an t-uisge. Ann am falal, chì an Gàidheal rabhadh an uisge ann an rud sam bith, agus cha bhi cunnart ann gu'm breugaich-ear e'n a fhàistreachd."

Ma tha eagal air daoine roimh Hitler is Mhussolini an diugh, bha a' cheart uidhir eagail aig ar n-aithriclean roimh Napoleon. Ma tha cogaidhean anns an t-saoghal an diugh agus ionradh air cogaidhean, an robh àm ann riàmh anns nach robh sin mar sin? 'S gann gu'm bheil aobhar-eagail 'n ar measg an drasda nach fhaighear a choimeas uair-eigin anns na làithean a dh' fhàlbh.

### Adhartas mór

An uair a chuirear a' cheist, "Am bheil an saoghal a' fas na' fheàrr?" freagraidh móran, "Chan 'eil"; ach tha mi fhein glé chinnteach gu'm bheil, agus bu mhath leam aire a thiomndadh a dh' ionnsuidh cuid de na nithean a tha, a réir mo bharail-sa, a' nochdadh gu'm bheil sinn ann an dòighean sònruichte móran na' s fhaide air adhart na bha ar sinnsearan, nithean dòchasach nach fhaod sinn a bhi a' cur an suarachas.

Thubhairt an Tighearna Iosa Criod nach ann ann am mór phailteas nan nithean a tha e a' sealbhachadh a tha beatha an duine a' comh-sheasamh, agus mar sin cha dean sinn uайл a nithean ùra innleachdach mar a tha an Radio

agus am beart-ola agus gach uidheam-dealain agus inneal eile a tha againn. Tha móran de na nithean ùra maith agus feumail, ach chan 'eil buaidh naomhachaidh aca, agus feudaidh cuid aca eadhon a bhi air an cur gu mi-fheum. Feudaidh soitheach-adhair do ghiulan à America ann am beagan uairean a thide, ach chan fhàg sin dad na' sona thu, no na' s fhaisg air rioghachd 'néimh. Agus is muladach gu'm bheil an diugh na h-innleachdan ùra sin, a dh' fheudadh a bhi 'n an goireasan, air an uis-neachadh gu bhi a' milleadh agus a' marbhadh. Mar sin, ma tha sinn dol a dh' amharc air son adhartais, cha chòir dhuinn bhi riaraichte gu'm bheil meadhonan na beatha (is e sin, nithean saoghalta a tha a' leasachadh cor aimsireil an duine) a' fas na' s fheàrr agus na' s lionnhoire. Is i a' cheist, am bheil a' bheatha fhéin a' fas na' s fheàrr.

### Fianuis nam maithean

'S e rud neonach a tha ann gu'n robh daoine anns gach linn ag àrdachadh nan linntean a dh' aom agus a' di-moladh an latha féin. Ann a' bhliadhna 1867 thubhairt an t-Ollamh Mata Arnold, ughdar ainmeil, gu'n robh "cuan a' chreidimh air tràghadh gu buileach," agus cha tug e fainear gu'm feum lionadh tighinn an déidh tràghaidh. An 1846 thubhairt am Morair Melbourne, "An uair a bha mi am bhalach òg bha a h-uile neach cràbhach ach a nis 'n am shean-aos chan 'eil neach sam bith cràbhach." Ann an 1769 thubhairt Seumas Boswell gu'n robh e de'n bheachd gu'n robh na' s lugha creidimh 's an rioghachd aig an am ud na b' àbhaist. An 1751 rinn an t-Easbuig Butler caoidh gu'n robh creideamh agus cràbhadh air erionadh air falbh gu buileach, agus mu'n àm cheudna b'e beachd Iain Wesley gu'n robh an dùthach so air creideamh a thur-threigsinn. An 1721 thubhairt an t-Easbuig Berkeley, "Annas na làithean so tha an sluagh coma eo dhiu mu chràbhadh agus mu chreidamh agus mu aoradh Dhé."

### Annas na làithean deireannach

A' dol ceum na' s fhaide air ais, cluinnear an aon fhonn tiamhaidh anns gach ginealach. Nach e sin an aon duan a bha aig Gideon mu thrì mile bliadhna air ais agus e a' cuimhneachadh air miurbhuilean agus maitheasan Dhé do Israel anns na làithean o shean an coimeas ri cruaidh-chàsan a latha fhéin. Chan e mhàin gu'n robh daoine riàmh anns gach linn a' saoilsinn gu'n robh cuisean an t-saoghal a' dol na' s miosa, ach bha iad a' greimeachadh air earrannan as an Sgriobtuir fhéin a bha a réir coltais a' teagastg gur ann mar sin a tha Dia a' rùnachadh, no co dhiu gur ann mar sin a tha Dia a' faicinn chùisean a' dol.

(*Ri leantuinn*)



## Luachmhorachd an Tighearna Iosa

LEIS AN URRAMACH CALUM MACLEOD, M.A., BOTH-CHUIDIR

*"Dhuibh-se uime sin a chreideas tha e luachmhor."*—I PEADAIR ii. 7.

**T**HA bhi a' creidsinn a' ciallachadh chan e mhàin a bhi gabhail ri briathran is ri geallaidhean an Tighearna mar an fhirinn—tha sin ann—ach a bhi gabhail ris-san, agus a bhi beathachadh air mar Dhia is mar Shlànuighear. Tha a bhi creidsinn a' ciallachadh a bhi gabhail ri Criod mar an Tì a tha tabhairt dhuinn beatha, agus saorsa, agus sìth, agus sin gu siorruidh; a bhi 'gabhal' ris-san agus a bhi beathachadh air mar Shlànuighear is feargràidh ar n-anama; agus an uair sin tha gach nì a their e is a gheallas e flor is seashmhach dhuinn, creididh sinn iad seach gur h-esan a labhair iad. Dhaibh-san, ma tà, a tha a' creidsinn ann, tha e luachmhor:

Dé a nis a tha deanamh nì no neach luachmhor do dhuine sam bith? Tha a dhà no thrì dh' aobharan air an sin.

I. *An toiseach tha nì luachmhor nuair a tha e annasach, no gann, no eireachdail*

Tha clach luachmhor nuair a tha a' chlach sin gann agus annasach. A' chlach a tha 's an fhàinne air a' mheòir tha i luachmhor seach gu bheil i gann agus annasach is eireachdail; nam bitheadh i cho paitl is cho cumanta ris na clachan air druin 'an rathaid-mhóir cha bhith-eadh i idir cho luachmhor agus cha mhòr bhith-eadh i 'san fhàinne. Mar is gainne agus is annasaiche a' chlach is ann as luachmhoire a mheasair i. Tha mar sin an nì a tha gann agus annasach luachmhor. Chi thu 's a' phaipeir-naidheachd an dràsda 's a rithist beag fhortan air a phàigheadh air leabhar a tha fior ghamm. Theagamh nach b' fhiach an leabhar ach beagan thusdan 'nuair a chaidh a chlòdh-bhualadh, ach dh' fhàs e gamm agus a nis tha e cho luachmhor agus gu bheil fiach beathachadh-teaghlaich ann fad am beatha. Tha luideag bheag de leabhar no dhà agam fhéin agus tha iad luachmhor chan ann air an son fhéin a mhàin, ach a chionn is gu bheil iad ro theare r' am factainn—aon dhiubh Leabhar Cheist nam Màthar anns a' cheud chlòdh-bhualadh an Gàidhlig. Chan 'eil an diugh ach trì dhiubh maireann, no ri am faotainn. Gheibh thu r' a cheannach an chlòdh-bhualadh mu dheireadh de'n leabhar so air son sgillinn no dhà, ach seach gu bheil a' cheud chlòdh-bhualadh gann, agus gun 's an t-saoghal dhiubh an diugh ach a trì tha e luachmhor. Tha daoine

a' cur meas air agus e gann is annasach, agus mar sin tha e luachmhor.

Seall an luach a bhathas a' cur an Iarla Haig 's a' chogadh, agus am meas a bha air mar cheannard-airm, is mar dhuine glic agus diadhaidh; cha robh mac-samhail dha ann. Bha saighdearan is ceannardan eile feumail is seasmhach is dileas eadhon gu bàs, ach bha esan mar shaighdear is mar cheannard is mar làn dhuine sònraichte da riribh; cha robh a leithid ach gann, ma bha iad idir ann, agus mar sin bha e luachmhor d' a rioghachd is do'n t-saoghal, is do chùis a' cheartais. So, a charaid, mar a tha Criod dhaibh-san a tha creidsinn; chan 'eil a leithid eile ann, tha e sònraichte am measg dheich mile, agus am measg a' chinne-daonna agus ainglean gu lóir; tha e sònraichte agus gun choimseas dhaibh-san a thug gràdh dha agus a ghabh ris mar Shlànuighear; tha e luachmhor dhaibh; luachmhor agus gun a mhac-samhail eile ann. Tha e uile ionmuinn. "Mar chrann-ubhal am measg chrann na coille, is amhuil mo rùn-sa am measg nan òganach: fo a sgàile mhiannaich mi agus shuidh mi sios, agus bha a thoradh milis do mo bhlas; threàbrach e mi do thigh an fhiona, agus b' i a bhratach tharum an gràdh."

2. *Tha an Slànuighear beannaichte a rithist luachmhor air son an fheum a tha ann*

Tha an t-òr luachmhor chan ann a mhàin air son an luach a tha ann fhéin, agus a chionn gu bheil e gamm—tha e sin is e a tha—ach air son an fheum a ni e. Nithear iomadach nì de'n òr; is iomadh feum air son a bheil e. Nithear soithichean dheth, agus tha na soithichean sin na's urramaiche is na's luachmhoire is na's maisice na soithichean eile. Nithear dealbh is cruth nithean dheth, agus tha iad na's urramaiche is na's eireachdaile na gum biodh iad deanta de chloich no de stuth sam bith eile. Tha cuid-eachd an cùineadh as feumaile is as luachmhoire air a dheanamh de'n òr.

Ach is ann a tha an t-òr feumail dà-rìribh anns na gheibh e dhuinn. Ciod e an goireas no am feumalachd nach ceannaich an t-òr dhuinn. Cha mhór nach fhaigh e dhuinn uile fheumalachd na beatha 's an t-saoghal-sa, tuar is tacar is tigh is aodach, agus gach comhfhurtachd eile air a bheil sinn a' cur feum. Is mór agus is eugsamhla

an fheum a tha 's an òr a thuilleadh air an luach a tha ann fhéin.

Tha an t-uisge luachmhor air son an fheum a tha ann gu fàs a thabhairt air toradh na talmhainn, gus ar nighe is ar glanaidh, gus ar pathadh is ar n-lòt a chasgadh ; is iomadh feum a tha's an uisge, cha tig duine no aimmhidh bòe as aonais.

Tha peann luachmhor air son an fheum a tha ann gu sgriobhadh ; faodaith e bhi grinn agus maiseach, eadhon de'n òr fhein, ach is ann a tha luachmhorachd a' phinn a co-sheasamh anns an fheum a tha ann gu sgriobhadh. Tha am peann luachmhor air son na ni e. An am an earraich tha spaid is crann feumail do fhear an àitich is an treabhaidh ; tha iad luachmhor air son an fheum a tha anna. Tha biadh luachmhor chan ann a mhàin ann fhein, air a ghrinnead is air a bhlasad, ach gu h-àraidh gu bheil e feumail gus ar beathachadh is ar neartachadh is ar cumail bòe. Agus, anam, tha an Tighearna luachmhor air son an fheum a tha ann dhuinne a chreid. Bha sinn a' cur feum air beatha, beatha naomh agus shiorruidh agus thug esan sin dhuinn ; tha sinn a' cur feum air glainne is maitheanas peacaidh agus fhuair sinn sin troimhe-san ; tha sinn a' cur feum air biadh is beathachadh do ar n-anam agus fhuair sinn sin ann-san. O ! na fhuair sinne a tha creidsinn troimhe-san. An fheum a tha ann, agus na rinn e dhuinn. Tha e luachmhor dhuinn da rìribh.

'S e mhaiteas dhuit gu gràsmhor caoin  
gach peacadh annad fein,  
'S e bheir dhuit slàint is furtachd fòs  
o t'e easlaintibh gu léiri.  
Do bheatha fòs o sgrios a bhàis  
'se dh' fhuasglas dhuit gu paitl :  
'S e chrùnas thu le coron gràidh  
's le tròcair chaoimh gun airc.  
Le mhaiteas is le thiodhlacaibh  
sàr lionaidh e do bheul :  
'S tha t' òige air a muadachadh  
mar iolar luath na speur.

Dhuibhse uime sin a chreideas tha e luachmhor.

Agus an fheum a tha ann dhuinne gu bhi toirt èolas dhuinn air an Athair, agus air beannachdan is buadhan an Athar ; agus oirnn fhéin agus air ar suidheachadh is air ar staid mar pheacaich chailte ach a shaoradh leis-san agus tre ghràdh-san. Tha e luachmhor dhuinn air son an èolaic bheò agus spioradail a tha e buileachadh oirnn. Is esan ar maighstir is ar fear-teagaig ann an nithibh spioradail ; anns na nithibh sin a bhuineas do Dhia agus do rioghachd Dhé 's an t-solus. Tha e luachmhor air son an fheum a tha ann 's an t-seagh so dhuinne a chreid.

### Gaisgich na rioghachd

Dh' fhaodainn ainmeachadh cuideachd, agus cuiridh tu do sheula ris, gu bheil e luachmhor air son an fheum a tha ann gu bhi 'g ar toirt air adhart ann an lànachd is neart beatha na

diadhachd. Tha e gu bhi toirt cinneis is fàs air an neach sin a tha creidsinn ann. Seall air a' mhuinntir sin a dh' fhàs laidir is calma is eir-eachdail—mórr anns gach dòigh—ann an Dia, nach ann troimhe-san a bha iad mar sin ? Cuimhnich air Peadar, is Eoin ; air Pol, is Muire Magdalen ; air Augustin, is Frannsaidh Assisi ; air Ninian, is Calum-cille ; agus air na naoimh eile as aithne dhuit, nach ann tre-san a bha iad an ni a bha iad, agus a tha iad an diugh, sàr ghaisg-ich rioghachd Dhé. O ! an fheum a rinn e dhaibh-san, chan ionghnadhdir ged a bhitheadh e luachmhor dhaibh. Agus dh' fhaodadh sinne fianuis a thogail air an fheum a bha agus a tha ann dhuinne, ann a bhi toirt fàis air gach buadh is beannachd gràsmhor a bhullich e-fhéin air ar n-anam le sinn a bhi creidsinn ann. Ged a tha sinn cho cròn is cho lag is cho aineolach chan ann aige-san a tha choire sin ach againne nach 'eil a' creidsinn ann gu dileas is gu h-ionlan is gu simplidh. Rinn eadhon am beag chreideamh a tha againn e luachmhor 'n ar sùilean-ne.

Mo ghaol, mo ghràdh is m' eudail thu,  
'M' ionntas ùr is m' aoibhneas thu  
Mo mhacan àlainn ceutach thu  
Chan fhiù mi-féin a bhi 'd dhàil.

Ge mór an t-aobhar clùi dhomh e,  
Is mór an t-aobhar curaime e  
Is mór an t-aobhar ümhachd e  
Righ nan dùl bhi 'm làimh.

Dhuibhse uime sin tha e luachmhor.

Tha, agus air son na choisneas e dhuinn fhathast : nèamh fhéin, agus beatha agus sonas siorruidh maille ris fhéin agus ris na naoimh ann an glòir, seadh agus caidreamh an Athar ghràdh-aich, agus an t-seirbhis sin air nèamh a tha 'na beatha is 'na h-ùrachadh is 'na sòlas maille ris fhéin gu saoghal nan saoghal. O ! na choisneas e dhaibh-san a tha creidsinn ann, agus na ni e air an son a thuilleadh air na rinn e. Tha e dhaibh-san do-labhairt luachmhor ; tha, O tha. Am bheil e luachmhor mar so dhuit fhéin, a charaid agus a bhana-charaid ?

3. *Tha e a rithist luachmhor seach gu bheil dàimh is ceangal aige ruinn*

Buinidh sinn dha agus buinidh esan dhuinne. Faodaidh nì a bhi luachmhor ann fhéin ach mur 'eil ceangal no buinteanas aige ruinn chan 'eil e luachmhor dhuinne. Faodaidh nì a bhi gann is annasach gu leòr, ach chan 'eil e luachmhor no feumail dhuinne mur h-eil còir againn air no buinteanas againn ris. Bidh sinn a' leughadh mu iomadh nì luachmhor a tha ann an tirean céin ach chan 'eil luach anna dhuinne agus gun cheangal 'sam bith againn riutha. Tha daoine ann a tha feumail is sònraichte 'nan dùrthaich fhéin, ach chan 'eil iad luachmhor dhuinne agus gun cheangal 'sam bith againn riutha. Cha robh Iarla Haig luachmhor do na Gearmailtich ;

is ann a bha e glé mhi-luachmhor dhaibh ged bu shàr e am measg nam miltean, seach nach buineadh e dhaibh. Is e an nì no an neach a bhuineas dhuinn fhéin a tha luachmhor is mùirneach againn ; agus ma bhuineas e dhuinn, ge b'e cho bochd is cho suarach is a tha e aig daoine eile, tha e luachmhor againne ; is fhada bho chuala mi : "Is geal leis an fhithreach isean gorm garrach fhéin." Is minic a chuala mi, is mi 'nam bhalach, daoine ag ràdh mu dheidhinn mnatha nach robh 'nam beachd-san glé sgiamhach no sgiobalta : "Chan 'eil fhios againn air an t-saoghal dé a chunnaic e innse." An tà, nam biodh shilean a fir 'n an ceann-san, agus nam buineadh i dhaibh—nam bu leo fhéin i—thuigeadh iad an uair sin. Tha neach luachmhor dhuinn ma bhuineas e dhuinn, agus mar is dluithe an dàimh is ann as luachmhoire tha e againn. Is luachmhor an leanabh aig a' mhàthair, agus gur h-e a leanabh fhéin e.

Tha Criosd, ma tha, luachmhor dhaibh-san a tha creidsinn, seach gu'm buin e dhaibh agus gu'm buin iadsan dhasan. Is leamsa fear-mo-ghraidh agus is le fear-mo-ghraidh mise. Cheannaich e sinn le fhuil luachmhor fhéin air a' chrann, agus buinidh sinn dha agus esan dhuinne. "Cha leibh fhéin sibh ; tha sibh air 'ur ceannach le luach." Thàinig e a nuas o'néamh chum an t-saoghal-sa gus am biodh

èolas againn air, agus gum buineadh sinn dha, agus gunn buineadh esan dhuinne ; gus am bitheadh sinn 'n ar cairdean aige, agus 'n ar cloinn do Dhia. Chan e sin uile e ach thug e e fhéin gu bàs air ar son agus 'n ar n-àite, agus mar sin tha còir-bàis aig oirnn cho maith ri còir beatha. Sheulaich e a dhàimh ruinn, agus a chòir oirnn, le a bhàs air a' chrann, agus ar dàimh is ar ceangal ris-san. Bunidh e dhuinne a tha a' creidsinn ann, le còir shiorruidh, agus mar sin tha e ro-luachmhor dhuinn.

Tha e mar so, a chàirdean, sònraichte dhuinn, gun a shamhail ann ; ar Slànuigheir is fear-ar-gràidh. Tha e feumail dhuinn agus gur h-ann troimhe-san is anu-san a fhuair sinn agus a tha sinn a' faontainn beannachdan is buadhan beatha nan gràs is na fireantachd ; agus gur h-ann troimhe a gheibh sinn fhathast làn sheilbh air an oighreachd, agus air pailteas is saoibhreas is sonas nan nèamhan. Agus is leam fhéin e, m' annsachd, a ghràdhach mi agus a thug e-fhéin dhomh agus 'nam àite ; agus a tha fas na's mùirniche is na's maisiche dhomh a h-uile latha.

M' uildh m' aigheir is mo uildh thu.  
Rùn is gaol is gràdh an t-sluaigh thu.  
'S tu's an Ti a bheir dhaibh fuasgladh  
Bho chuibreach an nàmhaid uaibhrich.

Dhuinne uime sin a tha creidsinn tha e luachmhor.

## Buaidh an t-Soisgeil air an t-Saoghal

LEIS AN URR. T. M. MACCALMAIN, M.A., EAGLAIS CHALUIM-CILLE, AN GOVAN, GLASCHU

(*Air a leantuinn*)

"BITHEADH fhios so agad gu'n tig anns B na làithean deireannach aimsirean cunnartach ; oir bitidh daoine féin-speiseil, sanntach, ràiteachail, uaibhreach, toibheumach, eas-umhail do phàrantan, mi-thaingeil, mi-naomha, gun ghràdh nàdurra, 'n an luchd-brisidh coimhcheangail, tuaileasach, neo-gheamnuidh, borb, gun ghaol do'n mhaith, fealltach, ceann-laidir, àrdanach, aig am bheil barrachd gràidh do shàmh na tha aca do Dhia, aig am bheil coslas diadachadh ach a tha ag àicheadh a cumhachadh" (2 Timoth. iii. 1-5). "Thig anns na làithean deireannach luchd-fochaid, ag imeachd a réir an ana-miann fein, agus ag ràdh, C'ait am bheil gealladh a theachd ? Oir o chaidil na h-aithrichean tha na h-uile nithean a' fantuinn mar a bha iad o thoiseach a' chruthachaidh" (2 Pead. iii. 3-4).

### Uilc anns gach linn

Gun teagamh sam bith gheibhear anns na h-amannan anns am bheil sinne beò na h-uilc agus na dubhailean a tha air an ainmeachadh ann an so leis na h-abstoil Pol agus Peadar mar chomharradh air na làithean deireannach, agus

mar sin tha cuid ag ràdh gur i so an aimsir dheireannach. Ach an robh riaghàm no linn ann anns nach robh na ceart uile agus dubhailean sin r'am faontainn, agus sluagh uime sin a' saoilsinn gu'n robh crìoch an t-saoghal air teachd ? A h-uile uair a thàinig plàighean no gort, no crith-thalmaign mhór, no dubhar-gréine ; a h-uile uair a bhris cogadh fulitech a mach, a h-uile uair a shaol le daoine gu'n robh sluagh an latha féin na 's miosa 'n am beusan agus 'n an cion-creidimh na sluagh nan làithean a dh' aom, chluinnteadh feadhainn ag ràdh gur i an aimsir dheireannach a bha ann.

Anns an t-siathamh linn (tri cheud bliadhna deug air ais), am feadh 's a bhatar a' togail eaglais ùr 's an Roimh, chuireadh cabhag ris an luchdtogail a chionn 's gu'n robh droch amharus ann gu'n robh an saoghal a' tighinn gu ceann a dh' aithgearr. Mu'n bliadhna 1000 bha dùil air feadh na Ròinn-Eorpa gu'n criochnaicheadh an saoghal 's a' bhliadhna 1033. Aig iomadh àm o'n uair sin bha feadhainn a thubhairt gu'n robh crìoch an t-saoghal air teachd. Beagan is fichead bliadhna air ais bha iomadh leabhar agus searmon air an toirt am follais a' dearbhadh

gu'm b'e Cogadh Mór na h-Eòrpa cath Armageddon, agus aig an àm so fhéin chan 'eil iad tearc a tha de'n bharail gu'm bheil na rioghachdan a nis 'g an cur fhéin an ordugh-catha air son Armageddon.

Mar sin, tha agus bha móran de'n bheachd gu'm bheil e an dàn do'n t-saoghal dol am miosad, agus an sin thig a' chrioch, agus chan 'eil teagamh nach 'eil earrannan de'n Sgriobtura dh' fhaodas a bhi air am mìneachadh s' an t-seagh sin.

### Bonn ar dòchais

Ach tha dà cheist ag éirigh ri ar n-aghaidh mu'n chùis. An toiseach, gu dé feum a tha 's an t-soisgeul mur 'eil e an comas dha an saoghal a dheanamh na's fheàrr? Agus a rithis, nach 'eil Criosd a' teagastg gu'm bi deagh-bhuaidh an t-soisgeil air an t-saoghal a' sior-fhàs o linn gu linn? Ann an teagastg Chriosd mu bhuaidh an t-soisgeil air an t-saoghal gheibhear dà rud gu sònruichte.

Anns a' cheud aite, a dh' aindeoin cumhachd an t-soisgeil, agus a dh' aindeoin ged a bhitheas an soisgeul air a shearmonachadh fa-dheòidh air feadh an t-saoghal gu léir, bithidh fhathast feadhainn ann nach gabh ris. "Is cosmhuil rioghachd néimh ri duine a chuir siol maith 'na fhearann," arsa Criosd, ach bithidh cogal am measg a' chruithneachd, agus leigear leotha fàs aaraon gus an tig am fogharadh (Mata xiii. 24-30).

Air an làimh eile, is e doigh-oibreachaidh an t-soisgeil gu'n téid e o neart gu neart, agus mar a tha na bliadhnaichean a' dol seachd gu'm faigh e barrachd agus barrachd buaidh air an t-saoghal, agus ni e atharrachadh na's mothà agus na's mothà air beatha, agus beusan, agus cleachdaidhean dhaoine. Is e so, saoilih mi, a tha air a theagastg ann an cosamlachd an t-sil mhustaird agus cosamlachd an taois-ghoirt (Mata xiii. 31-33). Fàsaidh an gràinne beag de shiòl mustaird 'na chrrann mhór, agus bithidh an taois-ghoirt éifeachdach air an t-iomlan a ghoirteachadh. Chan 'eil fuaim sam bith co-cheangailte ri siol agus e' fas, no ri taois agus e ag oibreachadh, ach tha iad le chéile a' tighinn air an adhart a dh' aindeoin sin. Mar sin, ged a dh' fhaodas obair an t-soisgeil a bhi dol air adhart gu sàmhach séimh, fhathast tha e a' dol air adhart. Mar a thubh-airt am fàidh Isaiah: Is ann gu séimh a tha an t-uisge agus an sneachd a' frasadh a nuas o nèamh, ach tha iad ag uisgeachadh na talmhainn agus a' toirt air fàs torach a chum 's gu'n toir e siol dha-san a chuireas agus aran dha-san a dh' itheas. "Is amhui," arsa an Tighearna Dia, "a bhitheas m'fhocal-sa a théid a mach as mo bheul; cha phill e am ionnsuidh gun tairbhe, ach coimhlionaidh e an ni as àill leam agus bheir e gu buil an ni mu'n do chuir mi a mach e" (Isa. lv. 10-11).

### Comharraidhean maithe

Faiceamaid a nis cuid de na nithean a tha dearbhadh gu'm bheil an taois-ghoirt a' deanamh na h-oibre a dh'earbadh ris. Thoiream-aid fainear cuid de na comharraidhean a tha nochdadh gu'm bheil an saoghal a' fàs na's fheàrr air móran dhòighean agus gu'm bheil an t-atharrachadh math sin mar thoradh air buaidh an t-soisgeil air cridhe, agus inntiinn, agus beatha dhaoine.

Ceud bliadhna air ais bha clann bheag air an cur gu obair mar gu'm bitheadh tràillean eadhon anns an rioghachd againne. Anns na mulinean-aodaich anns a' bhliadhna 1845 bha clann eadar seachd agus naoi bliadhna a dh'aois, agus eadhon naoidheanan aig aois tri agus ceithir, a' saothrachadh anns na tighean-oibre sin eadar sia uairean deug agus ochd-uairean deug 's an latha. Mu'n àm cheudna bha balaigh agus caileagan aig aois còig bliadhna a' slaodadh tubaichean làn guail anns na méinnean guail fo'n talamh, agus iad leth-ruisgte anns na tuill eagalach, dorcha, agus fuar sin. Is gann a ghabhas so a chreidsinn ach tha e fior. Chan e mhàin nach fhaighean eùisean mar sin an diugh 's an rioghachd so, ach mar an ceudna gu'm bheil e 'n a ruthadh-gruaidh dhuinn smuaineachadh gu'n robh a leithid sin riamh ceadaichte. Gu dé rinn an leasachadh fhaotainn do'n chloinn? Rinn am Morair Shaftesbury agus feadhainn eile còmhla ris, a dh'aidh gu'n robh iad air an co-eigneachadh le gràdh an Ti sin a thog na leanaban 'n a uchd agus a bheannaich iad. Le spàrn chruaidh fhuair na Criosduidhean uasal sin laghan tròcaireach air an deanamh gu. bhi a' dòn na cloinne. Tha spéis air a nochdadh an diugh do'n chloinn, agus curam air a ghabhail dhiubh, mar nach robh riamh thuige so, agus sin mar thoradh air eisimpleir Chriosd agus buaidh a Spioraid-san agus teagastg a Shoisgeil.

### Deagh thoradh an t-soisgeil

Ach chan e mhàin a' chlann ach a h-uile seòrsa a tha a' sealbhachadh deagh-thoradh an t-soisgeil ged a bhitheadh iad fhein aineolach air an t-soisgeul sin. Faodar a ràdh le firinn nach robh riamh uidhir de chùram air a ghabhail de dhaoine bochda agus de'n mhuinnit euslan; cha robh riamh a leithid de dhion air an fhear-oibreach an dà chuid 'n a dhachaidh, agus 'n a obair, agus 'n a chion-oibre cuideachd. Cò a dh' aicheas gu'm bheil sin uile a réir spiorad an t-soisgeil agus mar thoradh air buaidh an t-soisgeil anns an t-saoghal. Gach maitheas agus gach goireas, gach saorsa agus gach dòn agus gach sochair, a tha slugh air latha-ne a' mealtuinn, tha iad uile a' sruthadh o shoisgeul Chriosd. Tha sinn a' leughadh 's an Sgriobtura mu atharrachadh

mór a rinn Iosa an aon àite do'n tàinig e, agus chaidh muintir an àite a mach “ a dh'fhaicinn ciod e an ni ud a thachair, agus tháinig iad chum Iosa.” An uair a lorgas tu air ais gu a cheann tòiseachaidh gach maitheas a tha anns an t-saoghal an diugh, treòraichear thu gu Iosa. Is bochd gu'm bheil uidhir de dhaoine a' diùltadh an dragh a ghabhail na beamachdan a tha aca a lorg air ais gus an tobar as an do shruth iad ; tha iad a' mealtuinn nan tiodhlacan agus a' dearmad an Ti a thug dhoibh iad. Ann am móran de dhoighean tha na seann chreuchdan a dh' aobharaich fulangas do dhaoine fad iomadh linn air an slànuchadh a nis, ach, mar a bha fior mu neach eile (Eoin v. 13), chan' eil fhios aig an fheadhainn a shlànuicheadh co e a shlànuich iad.

### Obair Shatain

'S e cuspair mór a tha an so, agus dh' fhaodaimid leudachadh air, ach feumar sgur le dà rud eile ainmeachadh a tha, a réir mo bharail-sa, a' nochdadhu gu'm bheil an taois-ghoirt a' deanamh na h-oibre a dh' earbadh ris. 'S e mo bheachd fhein gu'm bheil a nis an sluagh cumanta anns gach rioghachd ag aontachadh gur e cogadh obair an t-Satain, gu'm bheil e gu tur ole. Tha e fior gu'm bheil sinn aig an àm ann an cunnart a bhi an sàs an cogadh a rithis, ach cò is coireach ? Cò ach cuid de na daoine a tha lionadh nan àitean inbheach ? Tha mi glé chimteach gu'm bheil an Gearmailteach cumanta agus an t-Eadailteach cumanta agus am Frangach a' gràineachadh obair-cogaidh mar a tha mise agus thusa. Tha sluagh an t-saoghal ag aithneachadh mar nach robh iad riagh gu'n d'rinn Dia de dh' aon fhuil uile chinnich dhaoine chum iad a ghabhail còmhnuidh air aghaidh na talmhainn ann an sith agus ann an bràithreachas, agus cò as a thainig spiorad a' bhràithreachais ach o'n Ti sin a theagaisg dhuinn ùrnuigh a dheanamh ag radh “ Ar n-Athair ? ” Ma thig cogadh, bitidh e doirbh do neach againn fuireach as, ach bitheadh cinnte againn gur ann fada an aghaidh an càlach agus an aghaidh an coguis a ghabhas an sluagh cumanta pairt ann, ge b'e taobh air am bi iad.

### Aonachd spioradail

A rithis, tha aonachd spioraid am measg nan eaglaisean 'n ar latha mar nach robh ann riagh. Fad iomadh linn bha e 'n a bhacadh air aobhar Chriosd 's an t-saoghal gu'n robh agus gu'm bheil sluagh Chriosd air an roinn cho mór eatorra fein. Tha na roinnean ann fhathast, ach tha na nithean a tha 'g an dlùthachadh ri chéile a' sior-fhàs na 's treasa agus na nithean a tha 'g an sgaradh a' sior-dhol an dìchuimhne. Ma dh' fhaighnichear ciod is aobhlar dha so, chan' eil ann ach aon fhreagairt, agus is e sin gu'm bheil gach latha a' toirt na 's fhaisge an t-àm anns an làn-choimhlionar ùrnuigh Chriosd gu'm bitheadh iad uile 'n an aon. Bha mi a' leughadh an raoir mu'n choinmeamh mhór a chruinnich ann an Tambaran 's na h-Innsean aig deireadh na bliadhna so chaidh. Bha suas ri còig ceud pearsa cruinn ann an sin ; thainig iad a suas ri tri ficeheadh agus a deich de dhùth-channan air feedh an t-saoghal ; agus bha iad a' riochdachadh nam móran eaglaisean eadar-dealaichte d'am buineadh iad. Bha iad cruinn air cheann 's gu'n tuigeadh iad na b' fheàrr toil Dhé agus a chum 's gu'm bitheadh na h-eaglaisean d'am buineadh iad a' saothrachadh na 's dlùithe làmh air làimh ann an aobhar an Tighearna. Bha iad an sin as gach treubh agus eimeach, bha iad de gach dath agus séorsa. Chan' eil cumhachd sam bith 's an t-saoghal as urrainn daoine a thoirt ri chéile 's an dòigh iongantach sin ach aon chumhachd a mhàin, agus is e sin cumhachd spiorad Chriosd.

### Air a righ-chathair

Anns an latha so, agus uidhir nithean ann gus ar sàrachadh agus ar elaidh is maith a bhi 'g amhare air na nithean dòchasach. Is eigin do Chriosd rioghachadh gus an cuir e a naimhdean uile fo a chosaibh. Tha na comharraidean againn gu'm bheil Chriosd air a righ-chathair agus chan' eil Dia 'n a thàmh. Deanar rioghachdan an t-saoghal 'n an rioghachdaibh do ar Tighearna agus d'a Chriosd-san, agus bitidh e 'n a righ gu saoghal nan saoghal.

## Dùsgadh Leòdhais

(Bha an t-iomradh so air an dùsgadh a tha an Leòdhais air a sgríobhadh le fear de mhiniestar an eilein ; duine a dh' fhaodar carbsa a chur 'n a ghliocas agus 'na thugse spioradail.—Am Fear-deasachaidh.)

**G**UN teagamh tha dùsgadh ann an caochladh cheàrnaidhean de Leòdhais, agus chan' eil duine glic sam bith a dh' fhiachas ri stad a chur air, no aon fhacal a labhairt a chuireadh bacadh air. Tha feum air dùsgadh agus an tuilleadh dheth, agus théid e móran nà's fhaide na chaidh e fhashtus bi Leòdhais mar is coir dha bhith

a thaobh eòlas air gràs Dhe agus dilseachd do Chriosd.

'S fhada bho thòisich an gluasad a tha nis a' tarruing aire dhaoine. Tha bliadhnachan o bha fiosraichidhean a bha neo-àbhaisteach aig cuid ann an coinnleamhan-aoraidh, gu sònraichte ann an Sgire nan Loch, agus o bha daoine moth-

achail air cumhachd neo-fhaiesinneach a bha làthair anns na coinneamhan. Aig amannan bha am mothachadh so cho làdir aig cuid 's gu'n robh iad a' dol ann an seòrsa de nial. Chan e gu robh iad a' call lorg orra fhéin buileach, ach bha cudthrom neo-àbhaisteach air an inntinn a bha toirt an lùths as an cuirp.

Chan e na h-aon mhothaichean a bha aig gach neach dhiubh so. Bha feadhainn dhiubh a bha mothachail air ealach peacaidh orra fhéin; feadhainn eile a bha fo chûram air son as-creideamh muinntir sònraichte ris an robh ceangal aca aon chuid mar chàirdean no mar choimhearsnaich; feadhainn eile a bha fo bhuaidh seallaigh air mòrlachd Dhe no glòr Chriosd. Bha feadhainn ann, mar an ceudna, air an robh laigse a' tighinn nach b'urrainn iomradh sam bith a dheanamh air ciod a bha 'ga aobharachadh, no air smuaintean sònraichte sam bith a bha aca anns an nial, agus cha mhotha as urrainn dhaibh a ràdh gu'n tàinig ath-leasachadh sam bith air am beatha spioradail an long na mhothaich iad.

Ach ged tha sin mar a tha e, cò is urrainn breith a thoirt air an fhiosrachadh neo-àbhais-teach troimh an robh iad air an toirt? no ciod e a' bhuaidh a dh' fhaodas a bhi aige fhathast air am beatha spioradail? Tha diomhaireachd anns a' cheangal a tha eadar Spiorad Dhe agus spiorad an duine, agus cò tha cho glie 's gu lean e obair an Spioraid anns an raon so?

Tha eo dhiu ceithir cheàrnaidhean de'n eilean anns am bheil, gun teagamh, beòthalas a thaóbh nithean spioradail, agus feitheamh air Dia ann an ùrnuiigh nach urrainn ach a bhi buanachdail do chuid. Chan 'eil glé fhada bho thòisich an gluasad ann an Sgìre an Rudha, ach anns an sgìre so bho thòisich e tha còrr air ficead neach a tha toirt comharraighean soilleir gu'n tàinig atharrachadh air an caithe-beatha, agus tha mi creidsinn a dh' aidicreas gu follaiseach gu'n d' fhuaire iad èolas slàinteil air Chriosd. Chan aithne dhòmhsa an àireamh ann an sgìreachan eile—ann am Barbas no air dà thaobh Loch Eireasort, ach a réir cunntas bithidh buidheann mhath anns gach àite dhiubh sin a fhuaire èolas nach dealaich riu air mathas Dhe, agus air cumhachd teàrnaidh Chriosd.

Tha aon chomharradh cinnteach air nach ann bho shios tha an gluasad: na h-uile a tha fo a bhuaidh chan ann air ceisdean mu eaglaisean a tha an aire ach air teàrnadh an anama, agus tha iad ag oibreachadh gu cridheil le neach sam bith, ge b'e eaglais d'am buin e, a tha saothrachadh air son leas spioradail dhaibh féin no do dhaoine eile.

Gun teagamh tha cuid a dhaoine fo amharus a thaobh a' gluasad tha so, ach cha robh a leithid riamh ann gun feadhainn a bhi fo amharus m'a thimchioll. Air là na Cuingis fhéin chualas a leithid so de chainnt: "Tha na daoine so làn de fhionn ùr." Cha do chuir sin stad air an obair, thàrr còig mile as le'n anam an là sin.

Cha mhò chuireas beachdan dhaoine as-creidmheach no còmhagh anns na paipearan-naidheachd stad air a' ghluasad tha so. Faodar stad a chur air, ach tha an cunnart sin ag éirigh bho an taobh a stigh, chan ann bho an taobh a muigh. Ma thòisicheas iompachain a' dean-amh uaill as na fén-fhiosraichean troimh an deach iad agus a' seal tuinn sìos air muinntir eile aig nach robh fiosraichean mar a bha acasan, sin far am bheil an cunnart a chuireas stad air an obair. Ach ma chùmas creidmhich ri chéile, le inntinn iriosal agus ann an spiorad bràthrachais, a' buanachadh ann an ùrnuiigh, chan 'eil fhios dé an àirde gus an tig an obair, agus dé a' bhuanachd a fhaodas Leòdhas a mhealltuinn co-cheangailte ris.

Tha cunnart eile a dh' fhaodas call a dheanamh dha'n obair. Cha sheas corp no inntinn an duine aghach tomhais àraighe de shaothair. Ma dhùchaimhnicheas daidone gu'm bheil iad anns a' cholruinn agus gu'n dearmaid iad faicill dhligheach a chleachdad a thaobh an cuirp, chan 'eil fhios dé an cron a dh' fhaodas tachairt dhaibh féin agus dha an obair. Tha an corp air a theàrnadh le Chriosd cho cinnteach ris an anam, agus tha cùram ri ghabhail dheth. Tha e a' cur feum air biadh is deoch is cadal na h-oidhche, agus is còir sin a thoirt dha anns na h-amannan ionchuidh. Mar is feàrr fonn a chuirp 's na h-inntinn 's ann is comasaiche sinn air gnothuch ar n-nama a chuaireachadh gu ceart, a' feitheamh air Dia gu h-uaigneach no gu follaiseach.

## An t-Urr. A. D. Caimbeul nach maireann, Manachainn Rois

LE IAIN N. MAC LEÒRD, CNOC-MHOIRE

**I**S e ministear fior ionchuidh anns gach dòigh a bha anns an Urr. A. D. Caimbeul, ministear Eaglais na h-Albann, am Manachainn Rois, a chaochail aig toiseach na miosa so chaidh. Rugadh Mgr. Caimbeul an Aird-na-murchann,

far an robh a athair, an t-Urr. Neacal Caimbeul, 'na mhiniestar anns an Eaglais Shaoir, agus air do a athair an sgìre sin fhàgail, shaothraich e an sgìre Uige, an Leòdhas, agus an déidh sin air an Tairbeart anns na Hearadh.

Fhuair an t-Urr. A. D. Caimbeul gairm aonsgeulach o choimhthional na h-Eaglaise Aonaichte an Srath-fharagaig anns a' bhliadhna 1914, agus chuir e fhéin agus a bhean chòir is a theaghlaich seachad seachd bliadhna diag anns an sgíre fharsuing sin. Bha meas iongantach aig muinntir an t-sratha gu léir air, a chionn gu robh e fhéin cho coibhneil, cárdeil, fosgarra, ris gach neach, agus bu choma leis ciod an eaglais do am buineadh neach an uair a bhiodh a ghothuich ri duine sam bith.

Dh'fhág e Srath-fharagaig anns a' bhliadhna 1931, an uair a ghairm coimhthional Eaglais na h-Albann am Manachainn Rois e, agus bha e air ceann a' choimhthionail sin gus an d' eug e.

## Aig an Uinneig

### Turus an Righ do Chanada

**T**HA a dòighean fein agus a faireachduinean féin aig a' Mhuir, doighean agus faireachduinean a tha diomhair do chloinn-daoine, is theagamh gur e an t-aobhar gu'n do chuir ceò agus mucan-éigh a' Chuain Shiar moille air a' chàraid rioghailear an turus do Chanada nach toigh leis a' Mhuir a bhi cluinntinn dhaoine a' seinn gu bheil stuidhnan na mara fo chommand air bith ach toil na mara féin, no òrdugh Righ nan dùl.

Ach ma choinnich fuachd agus ceò an Righ agus a' Bhanrigh anns a' Chuan Shiar fhuair iad blàths agus coibhneas agus iolach cho luath a' ràinig iad Canada. Rinn muinntir Chanada am beatha le cridhealas agus dilseachd nach gabhadh a bhi na b' fhéarr. Bha an aon Hosath 'n an cluasan fad na h-iùine, o Montreal gu Vancouver.

An uair a bhios daoine a' bruidhinn mu Chanada bitidh iad glé thric ag ràdh gur e Canada seud as luachmoire ann an crùn Bhreatuinn. Tha sin fior gun teagamh, oir is e Canada dùthchaich as mothà agus as beartaiche de na dùthchannan thall a tha ceangailte ri Breatunn. Tha Canada còrr agus trì mìle de mhìltean o thaobh gu taobh, is dà mhile agus ochd ceud mile air an rathad eile. Tha trì cheud gu leth muillean acair de fhearan maith agus reàmhar ann, a thuilleadh air monaidhean agus coilltean, ach chan 'eil ach mu'n dara leth de'n fhearan air oibreachadh fhastast. Chan 'eil àite air an t-saoghal anns am fàscruithneachd na's fheàrr na dh' fhàsas e ann an Canada; na'n

Searmonaiche cuimir, òrdail, soisgeulach, agus is ann da bu dual, có a bu taitniche anns a' chubaid na a athair còir, ministear cho tlachdmhor air searmonachadh an t-soisgeil agus a bha air Ghàidhleathachd 'n a latha. Bha e glic, cuiseach, faicilleach, an ceann a ghairme, n a charaid do gach aon, òg is sean, a chuir eòlas air, agus cha chreid mi gu'm b' urrainn nàmhaid a bhi aige. Chuir e loinn is maise na diadhaidheachd air dreuchd na ministearachd anns gach céarn an robh e ri saothreachadh, agus bidh cuimhne air iomadh là mar aoghaire diadhaidh, agus mar dhuine gràsmhor gràdhach, a bha an comhnuidh a' searmonachadh Chriosd a Shàbaid agus a sheachduin.

## Aig an Uinneig

robh Canada uile fo'n chrann bheathaicheadh e a' cheathramh cuid de'n t-saoghal.

Tha barrachd de na stuthanna gann agus luachmhòr so ann an Canada na tha ann an dùthach eile air an t-saoghal; airgiod-geal, radium, zinc, platinum, copar, nickel. Cha mhór nach ann ann an Canada a tha nickel an t-saoghal uile gu léir. Tha méinean òir ann cuideachd, agus barrachd fioldha na tha ann an dùthach air bith eile.

An àite a bhi a' ceannach bathair o Bhreatunn agus 'g a phàidheadh le siol tha Canada a nis a' cur suas factories dhith féin, agus a' tòiseachadh air marsantachd is malairt coltaich ruinn fhéin. Chan e a mhàin gu bheil i air son cruithneachd, is càise, is ìm, is feòil, is fiadh a reic ruinn, ach bu mhaith leatha acfhuinn agus obair-iaruinn agus motor càrs a reic ruinn cuideachd, rud nach 'eil idir a freagairt oirnne. Ann sach màrgadh anns an t-saoghal an diugh tha Canada agus Breatunn a' ràiteachas ri chéile, a' feuchainn cò aca a gheibh daoine a ni ceannach agus reic riu.

Ach ged tha Canada farsuing agus beartach chan 'eil ann de shluagh ach aona mhuillean deug. Ghiùlaineadh e gu réidh a cheithir uiread de stoc dhaoine 's a tha air. Bu mhaith na'n do lean Gàidheil agus Albannaich air dol do Chanada mar bha iad a' deanamh aon uair. Tha aobhar no dhà air nach 'eil daoine a nis a' dol thar chuantan a dh' iarraidh an fhortain, ach is e an fhior aobhar nach 'eil an t-acras 'g an cur aín, agus gu bheil pension na seann aoise 'g an cumail as.

## Na tri peatachan

**C**HA robh caraid riamh aig a' mhaigheach a cb', fheàrr na'm bard laghach, Uilleam Cowper, aig an robh tomhas mór de spiorad na carantachd agus de spiorad na bàrdachd 'na

chridhe, ged bha sgaoth de sheilleinean 'na bhoinneid. Ann an leabhar beag böidheach tha an duine cneasda so ag innseadh gu h-àbhacach mu thrì maighich a bha aige 'n am

peatachan. Faodaith mi an sgeul a chur sios, falal air fhacal, mar a dh' innis e i.

"Cha robh," ars esan, "m' inntinn no mo bhodhaig air ghleus, ach bu mhiosa dhomh diomhanas seach a bhi ag obair. Bha maigh-each beag, trì miosan a dh' aois, aig clann coimhearsnaich, ach a chiomn nach robh iad 'ga bhiadhadh gu ceart thòisich e air searg agus air fas caol. Chunnaic an athair gu robh iad a' fas sgith dheth agus dh' iarr e orra am maigh-each a thoirt dhòmhosa. Bha mise tolleach gu leòr aigheachd a thoirt do'n chreutair, oir bha mi an dùil gu'n togadh e m' inntinn air falbh o nithean eile a bha cur dragh orm aig an àm. Cha b' fhada gus an deachaidh sgeul a' mhaighich am fad's am farsuingeachd, agus is e a thàinig as a sin gu'n do thòisich coimhearsnaich eile air maighich a thainginn dhomh, gus mu dheireadh an robh uiread dhiubh am thaingse 's gu'm faodainn stoc a chur air baile fearainn. Ghabh mi trì; thug mi làmh air saorsunneachd, is thog mi tigh dhaibh. Bha a sheòmar fèin aig gach fear dhiubh. Fad an latha bhiodh iad a' ruideas còmhla, ach 'nuair a thigeadh an oidhche rachadh gach fear d'a leabaidh fèin. B'e na h-ainmean a thug mi orra; Puss, Cairistiona, agus Ealasaid.

### Creutair laghach

Thàinig mi fèin is Puss air a chéile gu maith, is rinn sinn càrdeas a dh' aon ruith. Leumadh i 'n am uchd, agus spionadh i m' fhalt le fearas-chuideachd. Bha i aon uair bochd fad thri-làithean, agus theap mi a call, ach leis a' chòram a ghabh mi dhith, a là 's a dh' oidhche, thug mi o'n bhàs i. B'e sin an creutair taingeil 'nuair a chaidh i na b' fhèarr! Shaoileadh tu gu robh i a' feuchainn r'a innseadh dhomh cho mór 's a bha i 'n am chomain, oir dh' imlicheadh i mu làmh gu càirdeil; an toiseach a cùl, an sin mo bhois, an sin mo mheòir, 's a rithist eadar nam meuran, rud nach do rinn i riagh roimhe no 'na dhéidh ach aon turus eile a bha i bochd. B' abhaist dhomh a bhi 'g a giùlan a steach do'n lios, far am folaicheadh i fèin agus an caidleadh i fo phreas. Bha so a' còrdadh rithe cho maith 's gu'n iarradh i orm a' toirt leam do'n lios aig uair shònruichte a h-uile latha. Bheireadh i gnog air mo ghluin le a spòig, agus shealladh i orm ann an dòigh a bha a' ciallachadh, "a bheil thu idir a' dol do'n lios an diugh?" Mur deanadh sin feum, bheireadh i air sgiort mo chòta 'na fiaclan, agus dh' fheuchadh i ri m' tharruинг air slighe mo dhleasdanais. Bha Puss 'na creutair ciùin laghach, is tha mi làn chinnteach gu robh mo chompanas na bu shòlasaiche leatha na compansas a seòrsa fèin.

### Nàdur amharusach

Ach cha b'e sin do Cairistiona. Bha i làn de dhroch amharus agus anabarrach dùr. Dh'

fhàs ise bochd cuideachd, ach ged a ghabh mi a' cheart chòram dhith a ghabh mi do Phuss, cha d' thug i uiread is taing dhomh. Ma bha i taingeil cha do leig i oirre e. 'Nuair a dh' fheuchainn ri cleasachd rithe, chasadadh i a fiaclan mar nach bu chaomh leatha idir a bhi mireag riùm. Dh' fhaodaimh a ràdh mu Cairistiona mar thuirt am fear eile, "sliob thusa a' chaill-each is sgròbaidh i thu." Bha i car mór dhi fèin agus cha b' fhiach leatha fearas-chuideachd a dheanamh còmhla ri càch. An uair annamh a bhiodh saod maith orra 's a ghabhdadh i pàirt 'n an cluicheachd, bha sòluimteachd 'n a h-aodann is tromadas 'n a giùlan a bheireadh gaire ort, mar gu'm biodh i ag ràdh, "Diomhanas nan diomhanas, is diomhanas na h-uile nithean!"

### Creutair sunndach

Thainig am bàs air Ealasaid m' an gann a ràinig i ire maighich, ach bha i 'na creutair sunndach, aigheachar. Feumaidh e bhith gu robh fuil shaighdearan inntre oir cha do thiomach a cridhe riamh ri aghaidh nàmhaid. Bhithinn 'g an leagail a steach do m' sheòmar, an déidh dhomh mo shuipear a ghabhail, agus bhiodh Ealasaid daonna air thoisearch anns na lùth-chleasan a bhiodh a' dol. Dh' fheuch an cat aon oidhche ri tarruing aside, agus spòrs a dheanamh oirre. Thug e boiseag dhi air an leth-cheann, ach ma thug, thachair a sheise ris! Leum i air a dhruim agus ghabh i dha le a casatoisich mar gu'm biodh drumair a' slachdاناich air druma, gus am bu bhuidhe leis teiceadh agus e fhéin fholuch ann an cùl.

Thàinig am bàs air Ealasaid 'na h-òige; bha Cairistiona beò gus an robh i naoi bliadhna, agus tha mi an dùil gur e buille air chor-eigin a fhuair i anns a' chaol-druim a chuir crioch oirre. Tha Puss chòir beò fhathast, deich bliadhna a dh' aois, is chan 'eil mi a' faicinn gu bheil comharran na h-aoise a' luidhe orra ach a mhàin nach 'eil i cho aotrum iollagach 's a bha i aon uair.

### An cù agus am maigheach

O chionn ghoirid chuir mi i fèin agus cù anns an aon t-seòmar feuch am faicinn a bheil e fior, mar tha daoine ag ràdh, gu'n leum an cù air a' mhaigheach agus gu'n teich am maigheach o'n chù, cho cinnteach 's a dh' iarras an tunnag an t-uigse. Rinn mi so gu maith furachail, oir cha bu mhaith leam gu'n éireadh tubaist do Phuss no gu'n caillinn i. Ach cha ruiginn a leas; cha do ghabh ise eagal is cha mhò a mhaoidh esan oirre. Cha b' fhada gus an do thòisich iad air aran itheadh as an aon t-soitheach, is tha iad cheana cho gaolach agus cho measail air a chéile ri piuthar is bràthair. Tha mi an dùil, mata, nach 'eil naimhdeas sam bith eadar an cù agus am maigheach gu nàdurrá, agus gur e mac an duine fèin a chuir eatorra.



## Gaol anamanna a theàrnadh

*“Dh’ ith eud do thighe suas mi.”—SALM. LXIX. 9.*

*“Tha mi a’ gabhail trua is de’n t-sluagh.”—IOSA CRIOSD.*

AN uair a bha e beò, bha a’ cheist air a cur air uairean, co dhiubh a b’e ministear ceart a bha ann an Uilleam Booth, commanndair Feachd na Slàinte, no nach b’e. Ach bu choma ciod an fhreagairt a gheibheadh a’ cheist sin o dhaoine, oir bha ministrealachd an duine ud air a sealachadh gu pait le cumhachd agus comharraidhean an Spioraid Naoimh.

An uair a tha duine air a shònachadh agus air a chur air leth gu dreuchd na ministrealachd ann an Eaglais na h-Alba tha a’ cheist so daonna air a cur air, “Nach e eud air son glòir Dhe, gràdh do’n Tighearn Iosa Criod, agus déidh air anamanna a theàrnadh, cho fad’s is aithne dhuit do chridhe féin, na h-aobharan sònraichte a thug ort dreuchd naomh na ministrealachd a ghabhail os laimh?” Cha robh duine riamh air thalamh a dh’ fhaodadh a ràdh na bu tréibhdhiriche na Uilleam Booth gu robh a chridhe air theine le meud a ghàidh d’a Shlànuighear, agus le meud a mhiann air anamanna a theàrnadh. Thug Dia an sonas sin dha ann an tomhas pait, gu’n robh e ’n a mheadhon air móran anamanna a chosnadhl d’a rioghachd agus d’a sheirbhis.

### Geata an Aithreachais

Chan ann troimh an aon gheata a tha a h-uile neach a’ dol a steach do rioghachd Dhe, oir tha iomadh geata a’ fosgladh a steach do’n bhaile naomh. Ach is toigh leis gach searmonaiche seasamh làimh ris a’ gheata air an deachaidh e féin a steach, an dùil gur ann troimh ’n gheata sin a dh’ fleumas daoin eile dol a steach mar an ceudna. B’e an geata aig an do sheas Uilleam Booth *Geata an Aithreachais*, no *Geata an Iompachaidh*, oir bha e féin air iompachadh ’na ghille òg, agus air a thoirt a mach as an t-saoghal neo-dhiaidhaidh le cumhachd Chriod.

Cha luate bha e air iompachadh na thòisich e air searmonachadh, is cha d’ atharrach e riamh o’n teagast a bha aige ’n a òige. Cha fhreagradh an teagast sin air móran dhaoine eile a bha ag iarraidh slighe na beatha a cheart cho dichiollach agus cho dùrachdach ris féin, ach bha e a’ freagairt air an t-seòrsa d’ am biodh Uilleam Booth a’ searmonachadh.

Bha e cinnteach gu robh e air iompachadh

agus air a bhreith as ùr le cumhachd dhiomhair o’n àirde, agus cinnteach cuideachd gu’m faodadh am fiosrachadh ceudna a bhi aig daoine eile a bha aige-san; cridhe nuadh agus sìth ri Dia. Mar sin cha robh dad eile ’s an t-sealladh aige ’n a shearmonachadh ach gu’m biodh peacaich air an iompachadh agus air an saoradh o chumhachd a’ pheacaidh agus o pheanas siorruidh. Bha e a’ creidsinn gu làidir ann an uamhasan ifrinn, agus do bhrigh gu robh e gu nàdurra ’n a dhuine truacanta, caomhail, cha b’ urrainn bha fantuinn sàmhach, is chaidh e a mach do chùl-shràidean nam bailtean a chur impidh air daoine gun iad a dhol sios do thruaighe shiorruidh.

### An seann soisgeul

Uile làithean a bheatha shearmonaich Uilleam Booth an soisgeul ris an abrar an seann soisgeul; cha ghabhadh e gnothuch idir ris an t-soisgeul ùr. Tha e duilich a ràdh cò ann dhiubh a tha barrachd de’n fhàrrinn; anns an t-seann teagastg no anns an teagastg ùr, ach an uair a tha an seann soisgeul air a liubhairt gu dùrachdach le neach a tha a’ creidsinn ann le uile chridhe tha buaidh aige thairis air innitnean dhaoine nach ’eil aig an teagastg ùr.

“Tha mise a’ creidsinn le m’ uile chridhe,” arsa Seanalair Booth, “nach ’eil anns an t-saoghal ach dà sheòrs a dhaoine am fianius Dhe, am firean agus an t-aingidh, an fheadhainn a tha iompaichte agus an fheadhainn nach ’eil, an fheadhainn a tha saorta le cumhachd Dhe agus an fheadhainn a tha fhathast fo bhinn bàis agus ifrinn. Chan ’eil anns an t-saoghal eile ach dà àite, nèamh agus ifreann; mur gabh peacaich ris an t-slàinte bheannachte a tha air a thairgsinn dhaibh tre fhuil luachmhor Chriod, agus mur bi iad air an ath-nuadachadh leis an Spiorad Naomh, bithidh iad cailtте gu siorruidh; a’ fulang piantan ifrinn, gun dòchas ri faotainn a mach as. Tha comas aig mac an duine le a thoil féin air beatha a roghnachadh agus ifreann a sheachnadh, agus ma roghnaicheas e beatha agus gu’n gabh e ri tràcair Dhe le creideamh chan ’eil de dheamhain ann an ifreann na chumas e o bhi air a shaoradh. Tha saorsa an anama a’ teachd o Dhia; tha miorbhul na h-ath-bhreith a’ tachairt anns an anam ann an

prioba na stíle, is tha Dia comasach agus toileach air na daoine a ghabh ri saorsa an t-soisgeil a dheanamh naomh; corp, anam, agus spiorad. Duine air bith a tha air iompachadh e féin, ciamar a ghabhadh e fois no ciamar a dh' fhanadh e balbh, agus daoine eile a' dol gu truaighe shiorruidh? A mach, a mach, O Chriosduidh, agus tog do ghuth, agus cuir impidh air peacaich aithreachas a dheanamh agus greim cinteach a dheanamh air beatha agus air nèamh."

### Gun eagal gun uamhas

Tha móran dhaoine *an diuil* gu bheil iad a' creidsinn ann an ifreann anns an t-seagh anns an robh am facal air a chleachadh le 'n aithrichean, ged nach 'eil iad a' creidsinn ann idir; tha iad a' leantuinn air an fhacal uisneachadh ged nach 'eil beatha no brigh ann daibh, agus ged nach 'eil eagal no uamhas daibh ann. Agus is e an dearbhadh nach 'eil iad a' creidsinn ann, gu'n gabh iad am biadh agus gu'm faigh iad cadal na h-oidhche, agus gu bheil iad sunndach is sona, mar nach robh gin d' an teaghlach no d' an càirdean féin ann an ifreann. Ciod air bith an creideamh-paipeir a tha aca, chan 'eil iad a' creidsinn ann an da-ríreadh gu bheil am bràthair no am piuthar féin, an athair no am màthair féin, ri bhi a' fulang gu siorruidh ann an ifreann. Na'm bitheadh, bheireadh e bhupa an càil agus an cadal, is chuireadh e a mach iad a għlaodhach agus a ghul air na sràidibh. Cha chuala mi ach aon duine riamh ag ràdh gu robh e cinnteach gu robh athair agus a mhàthair ann an ifreann, agus gu robh e féin a' dol do nèamh.

### Luachmhorachd an anama

Ach cha b'e creideamh-paipeir a bha ann an ifreann do Sheanailear Booth; bha an creideamh so cho beò agus cho làidir 'n a chridhe ris an dòchas a bha aige ann an Dia, is cha b' urrainn e sealantuinn air cruinneachadh air bith d'a cho-chreutairean gun an smuain a bhi 'n a chridhe gu robh a' chuid mór dhiubh a' dol gu truaighe shiorruidh, agus gu robh Dia 'ga ghairm-san briuidhinn riù agus guidhe orra gabhail ris an t-soisgeul m' am biodh e ro anmoch. Ged a bha e 'n a dhuiñe cruaidh, smachdail, aig an robh toil agus intinn làidir bha co-fhaireachduin dhiaidh aige ri cor spioradail pheacak a bha glé choltach ri truacantas agus caomhalachd an t-Slànuigheir.

Bha anam mhic an duine cho luachmhor ann an sealladh Uilleam Booth, agus cor siorruidh an anama 'n a ni cho sòlumte, 's nach biodh e ann an comunn duine eile dà mhionaid gun fhaighneachd dheth an robh sìth aige ri Dia. Their sinne nach 'eil e ceart no glic no modhail a bhi faighneachd cheistean de n t-seòrsa sin,

agus gur e an t-siobholtachd a tha 'g ar cumail féin gun a bhi 'g a dheanamh, ach na'm b' aithne dhuinn ar cridheachan féin gu maith, theagamh gu'm faiceamaid nach e sin an t-aobhar idir, agus gur e an fhior aobhar nach 'eil de shuim againn ann an cor spioradail ar bràthar na bheireadh oirnn a' cheist fhaighneachd dheth.

### Urracha móra

Tha eagal orm nach biodh de mhisnich agamsa, ged a gheibhinn an cothrom, a' cheist so fhaighneachd de Winston Churchill, ach dh' fhaighnich Seanalair Booth de Winston Churchill, an robh e air iompachadh. "Tha eagal orm nach 'eil thu iompaichte," ars esan, "ach tha an Spiorad a' dearbhadh do pheacaидh-ean ort."

Uair a bha e féin agus Cecil Rhodes am Morair Loch còmhla ann an carbad-iaruinn chuir e a làmh air gualainn Rhodes, is thubhairt e ris, "Bu mhaith leam bruidhinn riut umad féin; is duine thu ris a bheil móran an earbsa anns an t-saoghal so, ach innis dhomh ciamar a tha cùisean a thaobh t' anama."

Dh' fhosgail am Morair an uinneag, is sheall e a mach, ach fhreagair Cecil Rhodes, "Chan 'eil chisean m' anama, a Sheanalair, cho maith 's a bu mhaith leam."

"Am bi thu ag ùrnuigh?" ars an seann duine.

"Bithidh air uairean, ach cha bhi cho tric 's a bu chòir dhomh."

"Am faod mi ùrnuigh a dheanamh còmhla riut an so fhéin?"

"Faodaidh gu dearbh," arsa Cecil Rhodes.

Thionndaidh am Morair Loch aghaidh air falbh, ach chaidh an dithis eile air an glúinean, is dh' iarr Seanalair Booth air Dia ceuman Cecil Rhodes a stiùradh, obair a bheannachadh, agus anam a shaoradh.

An uair a dh' éirich iad bhàrr an glúinean thubhairt Cecil Rhodes ris, "Tha mi an dòchas gu'n lean sibh air a bhi ag ùrnuigh air mo shon."

\* \* \* \* \*

Chan ann tric a chithear duine cho eudmhor ann an seirbhis an Tighearn ris an duine mhaith so, is theagamh gu'm bi iomadh là m' am faicear a lethid anns an rioghachd so a ris. Duine naomh a choisrig a bheatha gu h-ionlan do Dhia agus do sheirbhis a bhràthirean a chionn gu robh e a' meas an anamanna na bu luach-mhoire na ni eile fo'n ghréin. Bheannaich Dia a shaothair gu mór, is thionndaidh e na miltean o aingidheachd gu fireantachd. *Iadsan a thionndaidheas móran gu fireantachd, dealraichidh iad mar na reultan gu saoghal nan saoghal.*

## Anns a' Chathair

**AIR** uairean bidh sinn uile a' bruidhinn gun ar briathran a thomhas gu cothromach, agus ag ràdh nach 'eil an saoghal no a' ghineal òg cho maith an diugh 's a bha iad ann an làithean ar n-òige. Ach chan 'eil anns an fhacal sin ach facial fhéin, facial a bhios sinn ag ràdh ro chabhagach an uair a chì sinn sud no ris nach robh sinn cleachdte; boireannaich òga a' coiseachd air an Rathadh-mhór, màileid air an druim, an cinn agus an casan riùisge, agus gun stiall a dh' aodach orra ach briogais ghoirid agus peiteag cho tana 's gu'm faic thu an craicionn troimhpe; no daoine a' dol 'n am ficheadan á Peairt gu Loch Nis air an t-Sàbaid a dh' fheuchainn am faic iad an Uilbheist, an àite dol do'n eaglais. An uair a chi sinn rudan neònach mar sin their sinn nach 'eil boirionnaich cho beusach, no daoine cho glic, 's a bha iad aon uair, ach ged a bhios sinn 'ga ràdh, chan 'eil sinn 'ga chreidsinn 'n ar eridhe. Co dhiu chan 'eil mise 'ga chreidsinn.

Chan 'eil anns an fhacal so de fhìninn ach gu bheil an saoghal ag atharrachadh; mur biodh an saoghal agus dòighean dhaoine ag atharrachadh bhiadh sin na chomharradh-bàis oir far a bheil beatha agus adhartas an sin bitheidh atharrachadh agus dòighean ùra. Thàinig iomadh atharrachadh air dòighean dhaoine agus air fasain an t-saoghal o chionn leth-cheud bliadhna, ach tha mi an dùil gu bheil a' chuid as mothà de na atharrachaidhean sin chum maith agus nach ann idir chum croin.

Theagamh nach d' thàinig atharrachadh mór air bith air nàdur no gnè mhic an duine o chiommàile bliadhna. Tha daoine an diugh car coltach ris mar bha iad an dé, ach mur bheil iad na's fheàrr chan 'eil iad na's miosa. Chan 'eil mi a' faicinn dearbhadh sam bith gu bheil daoine na's ain-diadhaidhe, no na's neo-bheus-aiche, no na's miosa gu moralta, na bha iad anns na ginealan a dh' fhàlbh, ach tha mi an dùil gu bheil iad rud beag na's tûraile ann an nithean beaga co dhiu.

### Mu stuamachd

Na'n abrainn gu bheil daoine na's stuama an diugh na bha iad anns na seann làithean blithinn a' toirt breith air cùis air nach 'eil e furasda breith chothromach a thabhairt, oir tha stuamachd a' ciallachadh iomadh rud eile a thuilleadh air measarrachd a thaobh dibhe, is faodaidh daoine uisge-beatha a thur-sheachnadh ach a bhi cho neo-stuama ris na coin ann an nithean eile; biadh, is boirionnaich, is iartusan dìomhair an eridhe. Ach a thaobh fasain fhollaiseach an òil tha atharrachadh mór agus maith air tighinn air an dùthaich; tha a' ghineal so na's fheàrr na bha a' ghineal a bha roimhpe.

An raor fhéin bha geàrrd air a' charbad-iaruinn ag innseadh dhomh mu'n bhuachaill-eachd a bhiodh aige air là-margaidh am Peairt m' am faigheadh e na tuathanach a steach do'n train, agus an dara leth dhiubh air an daoraich. Ach chan 'eil dad dheth sin ri fhaicinn an diugh; tha mi an dùil gu bheil suas ri fichead bliadhna o nach fhaca mi duine air an daoraich ann am Blàr.

Bha barrachd òil anns na seann làithean na tha ann an diugh, agus barrachd mionnachaidh agus droch chainnt, agus barrachd de chloinn dhìolain. Sin tri ceuman anns a bheil a' ghineal so air thoiseach air na ginealan a bha romhainn.

An uair a bhios daoine ag ràdh gu bheil diadhaidheachd na's isle an diugh na bha i ri linn an seanar is e a tha 'n an intinn nach 'eil uiread dhaoine a' dol do'n eaglais, no nach 'eil iad a' dol innte a h-uile Sàbaid agus air dà cheann an là, no nach 'eil an t-Sàbaid fhéin air a coimhead mar b' àbhaist i a bhi air a coimhead an Albainn. Ach chan 'eil sin a' dearbhadh idir gu bheil an diadhaidheachd na's isle, no gu bheil daoine a' fas na's miosa agus na's neo-dìadhaidhe; chan 'eil e ach a' dearbhadh gu bheil am beachdan ag atharrachadh a thaobh cleachdaidhean na diadhaidheachd agus là na Sàbaid.

### Là na Sàbaid

Tha ministearan agus seann daoine (aig a bheil cuimhne air an eaglais a bhi làn a h-uile Sàbaid) titheach air a bhi a' saoilsinn gu bheil sin 'n a chomharradh cinnteach air tìdh an t-sluaigh ann an nithean spioradail. Ach chan 'eil e 'n a chomharradh cinnteach idir; chan 'eil ann ach aon de chomharrайдhean na diadhaidheachd, is tha comharrайдhean eile ann as cintiche.

Anns na seann làithean bha daoine a' dol do'n eaglais a chionn gu robh iad cinnteach gur ann air son gu'n rachadh iad innte a chuir Dia air chois an t-Sàbaid, agus a chionn nach robh dad eile ach sin air a cheadachadh dhaibh le lagh an Tighearn. Bha iad a' coimhead an lagha a chionn gu robh iad a' creidsinn gur e lagh Dhe a bha ann, agus a chionn gu robh iad a' faicinn dhaoine eile 'g a choimhead.

Ach theagaisg an eaglais fhéin do'n ghineal òg an diugh nach ann fo lagh nan Iudhach a tha iad ach fo lagh Chriosd; theagaisg i dhaibh nach 'eil naomhachd ann an aon là de'n t-seachduin seach ann an là eile, ach a mhàin gu'm bu choir an là air an d' eirich Chriosd a bhi air a naomhachadh leòsan aig a bheil gràdh dha, agus gu'n do shuidhich an eaglais air tùs mar aon d'a riaghailtean gu'n coinnicheadh creidmhich air a' cheud là de 'n t-seachduin gu bhi a' tabhairt aoraidh do Dhia.

Cuimhnich, a leughadair, nach ann a' gabhail lethsgailean na feadhainach nach 'eil a' dol do'n eaglais a h-uile Sàbaid a tha mi; chan ann idir, ach feumtar a chuimhneachadh gu bheil miltean agus miltean de dhaoine a tha a cheart cho tûrail agus cho maith riutsa no riumsa aig nach 'eil na beachdan no na cleachdaidhean a tha againne a thaobh na h-eaglais agus na Sàbaid. Agus a réir choslaist chan 'eil na beachdan no na cleachdaidhean a tha aca a' deanamh coire dhaibh; theagamh gu'n abradh an coimhearsnaich gu'n téid iad a steach do rioghachd Dhe air thoiseach oirnne.

### An eaglais agus rioghachd Dhe

Ged nach toigh leamsa a bhi cluinntium dhaoine a' cur sios air an eaglais, no a' tionndadh air falbh bhuaipe, tha fhios agam gu'm faod rioghachd Dhe a bhi a' teachd aig an dearbh àm anns a bheil an eaglais a' dol air a-hais. Ma smuainicheas tu air na laghanan caomhail agus Criosdail a rinneadh ann am Pàrlamaid Breatuinn anns a' ghineal so, as leth cloinne agus sheann daoine agus bhochdan, ciod a theireadh tu ach gu bheil rioghachd Dhe a' teachd anns an tir so, agus gu bheil inntinn Chriosd air a nochdadh ann am beatha an t-sluaign. Ach tha na laghanna maith agus Criosdail sin air an deanamh aig an dearbh àm anns a bheil daoine ag ràdh gu bheil an saoghal a' fas na's miosa agus a' dol na's fhaide air seachran o Dhia.

A réir na seann àithne bha an t-Sàbaid air a toirt do mhac an duine le Dia air son gu'm faigheadh e fois d'a chorp, ach aig an dearbh àm anns a bheilear ag ràdh gu bheil an dìuthaich a' mì-naomhachadh na Sàbaid thà a' Phàrlamaid a' deanamh laghannan a thoirt am barrachd fois, agus athais, agus saorsa o obair agus o uairean fada, do luchd-oibre na dùthcha.

### Tobraichean eile

Is e an fhírimh nach 'eil daoine an diugh an urra ris an eaglais no ris an t-Sàbaid ann an nithean spioradail mar bha iad uaireigin; tha iad a' faotainn beathachadh spioradail á

tobraichean eile cho maith ris an eaglais, is chan abraimh-sa nach faod an t-àm tighinn anns an dean rioghachd Dhe feum as eugmhais na h-eaglais. Tha móran de'n obair a bha an eaglais a' deanamh anns na ceud linnteann a nis air a thoirt thairis do làmhan eile agus do bhuidhnean eile. Bha i aon uair a' gabhail os làimh daoine tinne a leigheas, ach thug i thairis an obair sin gu buileach do na dotairean; bha i aon uair a' sealtuinn as déidh nam bochd, agus a' teagasc na cloinne anns na sgoilean, ach thug i a chuid sin d'a h-obair thairis do'n Staid. Chan 'eil a nis air fhàgail aice ach ministrealachd an Fhacail agus frithealadh nan Sacramaidean, agus a thaobh a' Bhiobuill tha daoine 'ga fhaotainn air a mhineachadh ann an leabh-raichean, agus ann am paipearan-naidheachd, agus air dhòighean eile, cho maith's a tha iad 'g a fhaotainn air a mhineachadh anns an eaglais, agus air uairean na's fheàrr.

### Meadhon-gràis ùr

Mar so tha mi an dùil nach 'eil daoine an urra uile gu léir ris an eaglais air son an treòrachaidh a tha feumail dhaibh air slighe na beatha mar bha iad uair-eigin; ged nach 'eil iad cho frithileach air an eaglais 's a bha an aithrichéan, chan 'eil sin a' ciallachadh gu'n do thuit iad air falbh o ghràs no o theagasc fallan, oir tha meadhonan-gràis eile aca, an curam a tha an Staid a gabhail dhiubh agus an teagasc a tha i a' toirt dhaibh anns na sgoilean agus air an Radio; a' cheart theagasc a gheibheadh iad anns an eaglais. Ged tha an Radio a' cumail dhaoine as an eaglais, gu sònruichte anns an fheasgar, tha an Radio fhéin 'n a meadhon-gràis do mhórán.

Tha sluagh na dùthcha an diugh fada fada na's fheàrr air an doigh na bha iad riamh; tha iad na's fheàrr 'n an slàinte, na's fosgaitle 'n an inntinnsean, agus na's sona 'n an coltas agus 'n an giùlan. Agus ged nach 'eil iad cho cràbhach no cho teann orra féin air an t-Sàbaid 's a bha an seanairean, tha mi an dhil gu bheil iad a cheart cho maith, agus theagamh rud beag na's fheàrr.

## Aig an Uinneig

An t-Urramach Seumas Mac Fhionghuin, M.A.

**B**ITHIDH móran dhaoine ann an Ile a' caoidh a' mhinisteir so, a chaochail o chionn beagan sheachduinean, oir is ann ann an Ile a chuir e seachad a chuid bu mhotha de làithean a mhinistrealachd.

Rugadh e an Cinn-tire an 1865; bha e air oilleanachadh an Ard-sgoil Ghlaschu agus an Oil-thigh Ghlaschu; fhuair e cead searmonachaidh bho Chlér Mhuile an 1890; bha e greis 'n a

fhear-cuideachaiddh an Cill-Bhrìde, agus bliadhna 'n a mlinistear-sgire an Srath Fhaolain, m' an deachaidh e do Chill-Dalton an Ile, an 1894, as nach do għluais e tuilleadh. Bha e pòsda ri piuthar do'n Ollamh Eòghan MacRaing, an Cill Mhoraig, is chaill e anns a' chogadh an aona mhac a bha aige. An 1932 leig e dheth cudthrom na h-oibre an Cill-Dalton, an uair a bha an t-Urramach Seumas MacDhomhnuill

air a shuidheachadh innse mar fhear-euideachaidh.

Ged nach robh mi eòlach air Seumas Mac Fhionghuin thachair mi air uair no dhà, is bha e furasda fhaicinn gu'm b'ann de sheann stoc Eaglais na h-Alba e, oir eadhon gu ruig an ad a bhiodh air a cheann bha coslas ministear air. Bha e 'n a dhuine glic, seaghail ; tromadach 'n a ghiùlan agus 'n a theagast ; ach bha stad no glug air chor-eigin 'n a ghuth a bha riamh 'n a aghaidh mar shearmonaiche. Bha meas aig a bhràithrean an Cléir Ile air a chomhairle.

### An t-Urramach Coinneach Ros, nach mair-eann

Tha mi an dùil gur ann o stoc na h-Eaglais Shaoir Chléireachail a thàinig Coinneach Ros, ach chuir e seachad a chuid bu mhotta d'a làithean ann an Eaglais na h-Alba, a' saothrachadh anns an eilean Sgitheanach ; an toiseach am Bràcadal, agus an sin an Sléibhte, far an robh e air a shuidheachadh an 1915. Bho chionn beagan bhliadhna chan leig e dheth a dhreuchd ann an droch shlàinte, is chaidh e a dh' fhuireach do Gheàrr Loch, tir a dhùthchais, far an do shiubhail e.

Bha e greis 'na chléireach aig Cléir an eilein Sgitheanach, is bha e air a ràdh gu robh e suas ri gnothuch gu maith. Anns na làithean sin chronaich e mise ann an litir, an ainm na Cléire, a chionn gu robh mi a' cur teagaisg anns na duilleagan Gàidhlig nach robh fallan, ach an uair a fhreagair mi gu'm bithinn ana-barrach toilichte a bheachdan féin, no beachdan a bhràithrean anns a' Chleir, a thoirt am follais, na'n sgriobhadh iad am beachdan gu réidh soilleir air a' cheart chuspair, cha chuala mi an còrr mu'n chùis. Eadhon 'na chronachadh bha Coinneach Ros 'na dhuine laghach ciùin, gun ghù agus gun bhòilich.

O chionn bhliadhna chan leig mi 'g a chuideachadh aig àm comanacha idh an Sléibhte, is tha cuimhne agam fhathast air a chòiread, agus air coibhneas a mhàthana, 'n an tigh féin, agus air na comharraighean a bha ri fhaicinn gu robh a chridhe agus innse anns an obair a bha e a' deanamh, obair an Tighearna. Duine ciùin, agus duine sàmhach, glic, a ghluais gu h-iriosal agus gu diadhaidh am fianuis a coimh-earsnach, b'e sin Coinneach Ros.

### Ministear òg Phort-righ

Tha aon ghineal a' dol as an t-sealladh is gineal eile ag éirigh suas ; a' chlann a' leantuin nan aithrìchean. Bu bhochd an gnothuch mur biodh iomradh air ministearan air an duilleig so ach a mhàin naidheachd am bàis, agus is gasda a bhi cluinniann gu bheil ministearan òga a' cur orra an armachd.

Tha ministear òg air a shuidheachadh os cionn coimhthional Phort-righ, aig a bheil clu-

maith mar sgoilear, Murchadh Mac Dhòmhnuill, B.D. ; Hearach nach ruig a leas näire a ghabhail gu bràth as a dhà sheanair no as a dhà sheanmhair. Ged nach dean sgoil ministear, chan fheàrridh ach gur misd ministear a bhi as a h-eugmhais. Theid aig sgoilear maith daonna air nithe nuadh agus sean a thoirt a mach as a thigh-tasgaidh, is cha tric a sgithich-eas a e choimhthional. Bha Murchadh Dòmhnullach air oileanachadh 's an Tairbeart, an Cinn-ghiùthsaich, agus an Oïlthigh Chillrimhinn, is fad an t-siubhail, anns an sgoil agus anns a' Chollaist, bha e am measg na feadhnaich a bh' fhèarr.

Tha ministearan òga aig a bheil Gàidhlig cho gann 's nach luithe a gheibh iad cead-searmonacha idh na gheibh iad gairm o choimhthional, is tha uallach agus cuing air a chur orra tràth 'n am beatha nach leig leò fàs ann an eòlas mar bu mhàth leò. Ach ged tha so dona do'n mhór-chuideachd de na h-oileanaich òga, tha aon an sid agus an so air nach 'eil e a' deanamh cron air bith, agus a tha a cheart cho ullaichte anns gach dòigh air son obair na ministrealachd an là a dh'fhàgas iad an Collaist 's ged bhiodh iad bliadhna chan fo mhiniestear anns a' bhaile-mhór ag ionnsachadh an dreuchd, no eadhon samhradh no dhà còmhla ri Seòras MacLeòid ann an I Chaluim-cille. Duine aig a bheil tùr nàdurrá, agus tomhas reusonta de'n eòlas a bheir sgoilearachd dha, agus iarrtus 'n a chridhe air a bhi a' fàs ann an eòlas an Tighearna—cha téid an duine sin fad air seachran 'n a obair, eo dhiu a tha e sean no òg. Anns a' ghineal a chaidh seachad cha robh ministear eile anns a' Ghàidhealtachd a b' fhèarr na Eachunn Mac Fhionghuin, no air a' Ghalldachd a b' fhèarr na Wallace Williamson, ach bha an dìthis sin air an suidheachadh os cionn coimhthionail cho luath 's a dh' fhàg iad an Collaist.

Cha b' urrainn dhomh guidhe a b' fhèarr a dheanamh air son ministear Phort-righ na gu'n leanadh e an ceuman na dìthis ud.

### Ministearan òga eile

Bho thoiseach na bliadhna bha còigneas mhiniestearan eile air an suidheachadh ann an sgìrean Gàidhealach :

Tormod Dòmhnullach, an Ullapul  
Uilleann Caimbeul, an Ros-eumhindh  
Iain Dòmhnullach, am Bail-a' Chaolais  
Iain A. Dòmhnullach, an Cill-Mheanaidh  
Aonghus MacLeòid, an Raoghard

Tha mi duilich nach urrainn dhomh dad innseadh umpa so, a chionn nach aithne dhomh iad gu pearsona, no c'aitte an robh iad air an oileanachadh, air chor agus gu'm feum mi an cur air an aon ghad, an gad air an do chuir Pol a chompanaich féin anns an t-soisgeul,

"a' chuid eile de m' chomh-oibrichibh, aig a bheil an ainmean ann an leabhar na beatha.

Tha na seachd eaglaisean so anns a' Ghàidh-ealtachd gun mhiniestar an dràsd ; Nis, an Leòdhus ; Tairbeart Loch Finn ; Mealanis, an Cataibh ; Eige agus na h-eileanan ; Am Blàran Odhar, an Cataibh ; agus Cill-Chreanain. Theagamh gu bheil feadhainn eile ann cuideachd ged nach aithne dhòmhsha iad. Tha eaglais no dhà falamh ann am Peart anns nach 'eil feum air Gàidhlig. Tha Gàidhlig Pheairt a' dol a bith.

### Daoine caomhail agus coibhneil

An uair a chuimhnicheas tu air uamhasan a' chogaидh anns am faod làmh a bhi againn shaoileadh tu nach 'eil anns an t-saoghal ach daoine borb gun iochd. Ach is e an fhìrinn nach robh uiread de dhaoine iochdmhor anns an t-saoghal riabh' s a tha ann an diugh, gu sònraichte anns an dùthach againn féin. Gun teagamh tha airgiot agus cothrom againn nach 'eil aig rioghachdan eile ach a mhàin America, ach tha an fheadhainn aig a bheil an t-airgiot sin fialaidh leis, agus cha leasg leò cobhair a dheanamh air daoine eile 'n an éiginn. Na'n robh cunntas air a chumail air na thug muinntir Bhreatuinn seachad o chionn chòig bliadhna a chuideachadh dhaoine ann an rioghachdan eile a bha 'n an éiginn, chuireadh e iongnadh ort. So aon de na dearbhaidhean as ciinntice gu bheil cumhachd an t-soisgeil agus cumhachd na diadhaidheachd beò anns an tir fhathast. "A mheud agus gu'n do rinn sibh e do na truaghain, rinn sibh dhòmhsha e.

Fhuair Iudhaich agus cinnich, muinntir na Spàinne, muinntir Czecho-Slovakia, muinntir China, agus iomadh seòrsa eile cuideachadh o Chriosduidhean Bhreatuinn ; biadh, is aodach, is aogheachd, agus cungaidhean a léighseadh an creuchdan. Gun dol na's fhaide na China féin, chuir daoine iochdmhor ann am Breatunn corr agus dà cheud mile punnd Sasunnach cruinn, a cheannach bidh do thruaghain ann an China. Fad na h-iine a bha an cogadh a' dol air aghaidh anns an Spainnt bhatar a' cur bidh a mach, is bha dotairean agus banaltruman a' frithealadh do dhaoine leonta air an cosdus féin, agus air ghaol tròcair a nochdadh dhaibh 'n an uireasbhuidh.

### Am balach Iudhach

O na tha mi a' bruidhinn uime so co dhiu innsidh mi naidheachd, naidheachd a tha fior. Ghabh boirionnach còir ri fògarrach as a' Ghearmailt, balach Iudhach mu aois chòig bliadhna deug, d' am b' fheudar teicheadh as a' Ghearmailt, gun airgiot, gun dachaidh. Ach ged a rinneadh geur-leamhnuinn air ann an tir a dhùthchais, agus ged a fhuair e fasgadh ann am Breatunn, bha a chridhe uile gu léir leis a'

Ghearmailt agus gun dad idir d'a chridhe le Breatunn, is dh' fhàsadhb e croesda le feirg is farran na'n abradh duine dad an aghaidh na Gearmailt no an aghaidh Hitler. Bha am boirionnach eudmhòr air taobh Bhreatuinn, is bhiodh e a' cur farrain oirre-se a bhi a' cluinnintinn a' bhalaich a bha i a' beathachadh a' faotainn coire do Bhreatunn àgus a' moladh na Gearmailt. "Na'm b' ann agamsa a bha e," arsa bana-choimhairsnach rithe, "chuirinn a mach air an dorus e, is leiginn dhachaидh e gu a dhaoine féin." "Ciamar a ni mi sin," ars am boirionnach caomhail, *cha leig iad a steach e, agus c'aité air an t-saoghal an rachadh e?*

### A bheil so fior ?

Ma's breug bhuam e bu bhreug chugam e ; chuala mi mu theaghlaich anns an robh gilleann agus nigheanan òga a ghabh tigh air an dùthach, a dh' fhluireach ann aig deireadh na seachduin. Air oidhche Shathurna bhiodh iad féin agus companaich òga a bhiodh a' tighinn a mach as a' bhaile còmhla riu ag itheadh agus ag òl agus a' damnsadh gu uairean's a' mhaduinn, agus chaideadh iad air an t-Sàbaid gu dà uair 's an fheasgar.

Bha an eaglais air cùlaibh an tighe, is bhiodh clag na h-eaglaise air a bhualadh fad ceathramh na h-uarrach, an uair a bhiodh an eaglais a dol a stigh aig aon uair deug. Bha so a' dùsgadh na h-òigrigh a bha 'n an cadal, is chuir iad fios a dh' ionnsuidh a' mhiniestar, a dh' iarrайдh air a bhi cho maith agus gun an clag uisneachadh air maduinn na Sàbaid, a chionn gu robh e 'g an cumail o chadal.

Sin a' cheud chuid de'n naidheachd ; so a' chrioch aice. An uair a chualas anns an àite ciod a thubhairt na daoine òga ud ris a' mhiniestar bha an sluagh uile 'n an aghaidh, agus fearg orra gu'n iarradh iad rud cho miomhail air a' mhiniestar, ach b'e na daoine a b' fhaide 'n an aghaidh uile gu léir air son gu'n d'iarr iad nach biodh an clag air a bhualadh, *an fheadhainn nach biodh a' freagairt gairm a' chluig, no a' dol do'n eaglais idir.* Saoghal neònach !

### Cruinneachadh Ionar-pheofharan

Am bliadhna mar is àbhaist bithidh coinnseamhan móra ann an Ionar-pheofharan, o September 22 gu September 25 do'n òigradh, agus o September 25 gu September 29 do dhaoine a thàinig gu aois, a bhios fosgalte do'n h-uile duine aig a bheil uidh ann an nithean spioradail, ann an teagasc a' Bhiobuill, agus ann an ùrnauigh. Is e so cuid de na bhios a' labhairt ;

I. M. Waite

An t-Urr. I. M. B. Duncan, B.D.

An t-Urr. F. C. Gibson, M.A.

An t-Urr. Cailean C. Kerr, M.A.

An t-Urr. Teàrlach Robson, M.A.

An t-Urr. A. M. Rennie, B.D.

Seumas Stiùbhard

Faodar a ràdh gur e Ionar-pheofharan Keswick na h-Airde Tuath ; tha daoine a' faotainn cuideachaidh ann'n am beatha spioradail, agus a' cur èdlais air daoine eile a labhras riù gu saor agus gu bràithreil mu nithean diomhair na beatha dhiadhaidh.

Tha duilleag air a cur a mach leis an Urramach H. W. Oldham, am Baile-dhubhthaich, a tha air cheann a' ghnothuich so, anns a bheil e ag innseadh ciamar a gheibhearr aigheachd no àite-leapa, agus ciad a chosdas e fuireach an Ionar-pheofharan trì no ceithir a dh' oidhchean. Ma bu mhaith le duine air bith an tuilleadh fiosrachaidh fhaotainn chan 'eil aige ach sgrìobhadh gu Mghr Oldham.

## Cor na Gàidhealtachd

LEIS AN URR T. M. MACCALMAIN, M.A., AN GOVAN

**T**HEIR feedhaimn nach 'eil uidh aig an Eaglais mar is còir dhith ann an cor aimsireil dhaoine. Their cuid eile gu'm bheil i a' cur a gutha agus a làimhe tuilleadh's a' chòir ann an cùisean aimsireil. Tha iad le chéile ceart, agus tha iad le chéile ceàrr. Chan 'eil e glic no ionchuidh gu'm bitheadh pearsachan-eaglais a' gabhail orra fhéin riaghaltan a shocruachadh a thaobh ghnothuichean riaghaltais. Ach air an làimh eile, cha bhitheadh an Eaglais dileas d'a Maighistir n'am fanadh i 'n a tosd fa chomhair éigin no cruaidh-chàs sam bith a dh'fhaodas a bhi 'n a éire thriuim air an t-sluagh.

'S e so m'fiosrachadh fhéin air a' chùis, agus mi daonnan a' tachairt air daoine 's a' bhaile mhór a tha 'n an coigrich do'n Eaglais. Is e glé bheag a tha cur an eùl rithe a chionn 's gu'm bheil i ro shaoghalta, ach is lòn-mhor iad-san a chaill spéis dhith a chionn 's gu'm bheil i, a réir am barail-san, car coma mu chor aimsireil an t-sluagh chumanta.

### Dleasdanas na h-eaglais

Is iomadh lethsgeul a bhitheas aig daoine chum iad fhéin fhìreanachadh 'n an dearmad air an dleasdanas do Dhia agus do Eaglais Chriosd, ach tha e soirbh móran d'an cuid lethsgeulan a thilgeil bun-os-cionn, oir tha iad air an togail air aineolas agus eadhon air miann mhi-dhiadhaidh a' chridhe nàdurra.

Ach aig a' cheart àm, chan 'eil e doirbh fhàcinn gu'm bheil móran an da-rìreadh fo amharus gu'm bheil an Eaglais coma co dhiu tha no nach 'eil obair is cosnadh, biadh is aodach is comhfhurtachd chorporra aig daoine. Cha chòir do'n Eaglais a bhi coma mu na nithean sin; chan 'eil i coma, ach dh'fhaodadh luchd-eaglais barrachd a dheanamh na tha iad a' deanamh chum 's gu'm bitheadh uallach na boch-dainn agus éiginnean eile air an cur am feabhas.

A thaobh cor na Gàidhealtachd gn sònruchté chan urrainn an Eaglais a bhi coma. Is iomadh ministear agus missionaraidh, agus e a' searmonachadh ann an eaglais fhalamh no leth-fhalamh anns na glinn agus na h-eileanan mu thuath, a bhitheas tric ag ràdh ris fhéin,

"Ciamar idir a bhithreas cùisean ann an leth-cheud ne eadhon ann am fishead bliadhna ?" Tha na h-eaglaisean Gàidhealach lom de choimhthionail, chan ann a chionn 's gu'm bheil an sluagh air sgur a dhol do'n eaglais, ach a chionn 's gu'm bheil aireamh an t-slaigh ann am móran àitean air fas cho beag.

### An t-eilean Sgitheanach

Bithidh mi tric a' smuaineachadh air a' bhaile bheag 's an Eilean Sgitheanach anns an do thogadh mi fhéin. Cho fad 's is fiosrach mise, bha corr is ceud neach a chòmhnuidh 's a' bhaile sin leth-cheud bliadhna air ais; chan 'eil an sin an diugh ach mu fhichead. An uair a chaidh mi fhéin do'n sgoil an toiseach ann an 1914 bha mu fhichead 's an sgoil; chan 'eil sgoil idir ann an diugh no leanabh a théid innte.

Tha àireamh an t-slaigh 'n a dheagh chomh-arradh air co dhiu tha no nach 'eil dùthchaich a' soirbheachadh. Ged nach bitheadh ann ach gu'm bheil suas ri ceud mile pearsa na's lugha 's a' Ghàidhealtachd a nis na bha innte ceud bliadhna an ama so, but leòir an dearbhadh sin nach 'eil cùisean mar is còir. Chan ann gun aobhar a bhitheas an sluagh a' dol as. Ann an trì fishead bliadhna agus a deich suas gus a' bhliadhna 1931, rugadh mu cheud gu leth mile a chòrr na bhàsaich. Shaoleamaid mar sin gu'm bitheadh ceud gu leth mile pearsa a bharrachd 's a' Ghàidhealtachd aig deireadh na h-uine sin na bha innte aig toiseach na h-uine. Ach is ann calg-dhireach an aghaidh sin a tha a' chùis. 'S ann a bha sluagh na Gàidhealtachd corr is ceithir fishead mile na's tearca aig deireadh na h-uine a dh'ainmich mi. Thachair so a chionn 's gu'n deachaidh barrachd is trì cheud mile air imrich as an dùthchaich anns na trì fishead bliadhna agus a deich, agus cha tainig a steach ach mu thrì fishead mile. Sin ri ràdh, ged a bha cinnitinn nàdurra ann fad na h-uine, le barrachd 'g am breith na bha a' bàsachadh, bha mu thrì mile a' fàgail na dùthcha gach bliadhna agus gun neach a' lònadh an aite. Agus bha so a' tachairt bliadhna as déidh bliadhna suas gu 1931.

### A' dol na's lugh

Bho'n tha sin mar sin, shaoileamaid n'am faigheò dòigh air na tri mile sin gach bliadhna a chumail aig an tigh le cothrom oibreathach a thoirt dhaibh, nach b'eagal do'n Ghàidhealtachd. Ach tha ni eile ri thoirt fainear. Anns na h-ochedh bliadhna bho 1931, is e glé bheag a chaidh air imrich as a' Ghàidhealtachd thar na thàinig a steach innse, ach a dh'aindeoin sin tha an sluagh a' dol na's lugh a gach bliadhna, agus sin a chionn 's gu'm bheil àireamh na tha air am breith a nis móran na's lugh a na àireamh na tha a' bàsachadh. Tha a' Ghàidhealtachd gann de chloinn is de dh'òigrìdh, agus tha a' mhòr-chuid de'n t-sluagh suas ann am bliadhnaichean, agus gun gu leòir de fheadhainn òga a' fas suas gu bhi a' lionadh an àite. Air son an aobhair sin, ged nach fhalbhadh duine tuilleadh air imrich as a' Ghàidhealtachd, bithidh sluagh na Gàidhealtachd a'sior-dhol na's lugh.

### Fàsachadh na dùthcha

Saoilidh tu air feadhainn a bhitheas ag eigeach mu dhol-as nan Gàidheal, gu'm bheil an so suidheachadh nach fhaigheò ach anns a' Ghàidhealtachd a mhàin. Ach chan ann mar sin a tha. Tha fàsachadh na dùthcha a' dol air adhart air feadh na rioghachd gu léir. Tha a dhà uidhir sluagh a' fhireach ann an Lunnaidh na tha ann an Albainn gu h-iomlan. Tha an ceathramh cuiid de shluagh na h-Albann air am faotainn an Glaschu, dà cheathramh anns na bailtean eile, agus gun ach ceathramh anns na àitean dùthchail. Chan 'eil ach a h-ochedh as gach ceud a' fhireach a' Ghàidhealtachd, ged a tha a' Ghàidhealtachd a' deanamh suas dara leth fearann Albann. Gheibheò suidheachadh mar so an America agus an dùthchannan eile a cheart cho math ris an rioghachd againn, 's cha mhath an comharradh e, agus gu dearbh is mór an lagachadh a tha ann do rioghachd sam bith gu'm bitheadh an sluagh a' dùmhachadh anns na bailtean móra agus a' fágail an fhearainn gun daoinne a chòmhnuidh air.

Ged a tha fàsachadh na dùthcha a' dol air adhart air feadh na rioghachd, chan 'eil an suidheachadh cho dona fhathast an céarn sam bith 's a tha e 's a' Ghàidhealtachd. Agus ciod iad na h-aobharan gu'm bheil daoine a' cur an aghaidh air a' bhaile mhór agus an cùl ris na glinn? Dà aobhar gu sònruichte, gheibheò a' bhaile goireasan nach fhaigheò air an dùthaich, agus gheibheò a' bhaile cothrom-cosnaidh nach fhaigheò air an dùthaich. Faadar aobharan eile ainmeachadh, ach is iad an dà aobhar sin a tha aig bun a' ghnothuich.

### Rathaidean ùra

The barrachd ghoireasan agus chomhfhurtan 's a' Ghàidhealtachd an diugh na bha innse

riamh roimhe. Tha rathadan ùra agus tighean ùra comhfhurtail aig an t-sluagh ann an iomadh àite. Chan 'eil àite sam bith mu thuath no anns na h-eileanan cho iomallach 's a bha e anns an aimsir a chaidh seachad. Tha barrachd cùram air a ghabhail de dh'oileanachadh na cloinne, de leas na h-aoise agus de shláinte an t-sluagh. Chaidh adhartas mór a dheanamh anns na dòighean sin, agus an dòighean eile, ach a dh'aindeoin sin tha an sluagh a' crionadh as, agus cumaichd iad orra a' crionadh as gus an tachaird à rud. Antoiseach, gu'm bitheadh e air a dheanamh a cheart cho buannachdail agus cho comhfhurtail do dhaoine a bhi fuireach 's a' Ghàidhealtachd 's ged a bhitheadh iad air a' Ghàldachd. A rithis, gu'n ionnsaicheadh daoine an dà chuid mu thuath agus mu dheas nach e idir an t-àite no an suidheachadh anns am bheil iad a dh'fhàgas sona agus riaraichte iad, ach an innse agus an spiorad a gheibheò anns a' fèin c'aité air bith a bheil iad no ciod air bith an suidheachadh.

### A bheatha shimplidh

Feudar oidhír a dheanamh a chum a' cheud ni dhiubh sin a thoirt gu buil le reachdan Pàrlamaid agus le saothair air sgàth leas saoghalta dhaoine, ach cha toirear an dara ni gu buil gus am faigh gach neach a mach air a shon fhéin beannachdan na beatha simplidh, agus nach ann ann am mór-phailteas nan nithean a tha e a' sealbhachadh a tha beatha an duine a' comh-sheasamh.

"Tha cuid an tòir air stòr is maoin,  
'G an ruith bho'm breith gu'm bàs ;  
Chan fhaigh iad fois 's cha bhi iad saor,  
Ma chi iad sin aig cùch ;  
Thoir dhomh-sa sith is gràdh is gaol,  
Aig taobl nan sruthan tlàth,  
Mo bhothan beag fo sgàil nan craobh,  
'S mo lios ri taobh na tràghad."

Leis na thubhaireòid mi, chan 'eil mi a' ciallachadh gu'm bu chòir do neach a bhi riaraichte leis a' bhochdaimh, ma tha e am bochdaimh. Tha mise a' lan-chreidsinn gu'n do chruthaich Dia an talamh agus na bheil ann a chum 's gu'm bith-eadh cubhrionn ionchuidh aig gach creutair, agus n'an robh cubhrionn ionchuidh aig gach neach cha bhitheadh bochdaimh ann mar a tha ann an diugh, ach a mhàin a' bhochdaimh sin a bheir daoine góirach orra fhéin le beatha struidheasaich. Ach anns an rioghachd againne an diugh tha tri muillion deug neach (an ceathramh cuiid de'n t-sluagh gu h-iomlan) nach urrainn na dh'fheumas iad de bhiadh fhaighinn, oir chan 'eil aca ach mu shia tasdair 's an t-seachduin an ceann gus biadh a cheannach. Cha chreid mise e o dhùine sam bith gu'm bheil an suidheachadh sin a réir innse Dhé.

(*Ri leantuinn*)



## R. M. Mac Cheyne as Úr

"*Mar chìr-mheala tha briathran taitneach, milis do'n anam.*"—GNÀTH-FHOCAIL XVI, 24.

**B**HO chionn ghoirid bha searmoin shoisgeulach an duine dhiadhaidh so, agus cunnitas air a bheatha agus air a shaothair, air an eur a mach as úr le *Alasdair Mac Labhrúinn agus a Mhic*, an Glaschu, bùth leabhrachean a tha daonnan a' cumail bratach na Gàidhlig ri bàrr a' chrainn.

Bha na searmoin air an tionndadh o Bheurla gu Gàidhlig le Ailean Mac-Na-Ceàrdadh, a bha 'n a mhiniestear ann an Eaglais Shaor na Ceannmhòr (1846–1888); sgoilear maith Gàidhlig.

Tha àite dha féin aig Mac Cheyne am measg mhiniestearan na h-Alba mar dhuine naomh agus beannaichte. A thaobh neart cuirp is inntinn cha ghabhadh e coimeas ri Teàrlach Spurgeon no ri Dòmhnullach na Tòisigheachd, ach bha ni-eigin 'na nàdur na bu chûraidhe na bha anns na daoine làidir sin; ni-eigin nach buineadh do'n t-saoghal so. Ged bha Spurgeon agus Dòmhnullach na Tòisigheachd 'n an soisgeulaichean comasach, a chrathadh agus a għluiseadħ cridheachan dhaoine mar a chrathas an stóirm duilleach nan craobh, cha robh àileadh na diadhaidheachd no maise na naomhachd 'g an cuartachadh mar bha iad a' cuartachadh Mhic Cheyne.

Chan 'eil so a' ciallachadh gu bheil teagascg no searmoin Mhic Cheyne na's fheàrr na an teagascg-san; chan 'eil idir; gheibh thu *biadh làidir* agus gu leoř dheth ann an searmoin Spurgeon an uair nach fhaigh thu ann an searmoin Mhic Cheyne ach *greim milis*.

Milseachd a theagaisg, ciùinne agus irioslachd a nàduir, naomhachd a bheatha, anfhaunnachd a chuirp, agus cho tràth 's a shiubhail e ('n a naoi bliadhna fishead),—b'e sin a choisinn dha an t-oisean blàth a bha agus a tha aige ann an cridheachan dhaoine diadhaidh!

## Riaghailtean maith

Tha tri ceumanna anns am biodh e buannachdail do mhiniestearan òga an là so Mac Cheyne a leantuinn:

(1) Bhiodh e daonnan a' gabhail ceann-teagaisg as a' Bhiobull.

(2) Bhiodh e daonnan a' roinn a shearman fo chinn.

(3) Bhiodh e daonnan a' comh-chur a theag-

aig, agus a' labhairt gu pearsanta ris an t-slugh.

"A chàirdean ionmhuiinn," ars esan, "an do thòisich an obair so annaibh-sa? An deachaidh bhur n-iompachadh, no an robh sibh air bhur breith a ris, agus air bhur n-aonadh ri Criod. Tha cuid ag ràdh nach 'eil fhios aca. Ach na'n robh thu uaireigin d' ad bheatha an cunnart bhàthaidh, seadh na'n robh thu air do bhàthadh agus air do thoirt air t' ais a ris gu beatha, bhiodh cuimhne agad air gu uair do bhàis, agus eia mò gu mór, na'm biodh tu air do thoirt a dh' ionnsuidh Chriosd. Na'm biodh tu dall agus gu'n d' fhuair thu do shealladh an déidh dhuit tighinn gu inbhe duine cha bhiodh e furasda dhuit sin a dhichuinshneachadh. Mar sin, ma thàinig tu a dh' ionnsuidh Chriosd, bitihidh fhios agad air, agus cha leig thu as do bheachd e.

"Tha iompachadh feallsach ann. Aig amanna tha Satan féin a' cur seòrsa càraim air daoine mu chor an anama, agus cuiridh e iad a dh' ionnsuidh mhiniestearan, a dh' ionnsuidh leabhrachean, a dh' ionnsuidh choinneamhan, a dh' ionnsuidh dhleasdanasan, gu bhi foisneachadh anna. Leigidh e leoř amharc ri ni air bith, no foisneachadh ann an ni air bith ach a mhàin ann an crann-ceusaidh Chriosd. B' fheàrr le Satan neach a dh' amharc taobh air bith seach ri Criod."

Chan 'eil dad ùr no domhain anns an teagasc so, ach an uair a chluinneas tu ministear a tha gaolach agus dùrachdach a' bruidhinn riut gu pearsonta agus gu simplidh mar so, cuiridh e bior 'n a t' inntinn agus 'n a d' choguis.

## Féin-eòlas

Anns na làithean deireannach so tha e air a theagasc dhuinn anns an sgoil, anns a' Chollaist, agus anns an eaglais, nach 'eil e maith do dhaoine a bhi a' sgrùudadh an eridheachan féin tuilleadh 's a chòir; tha e air a theagasc dhuinn gur fheàrr dhuinn sealtruinn a mach uaimh féin seach a bhi a' sealtruinn a steach annainn féin, 'gar ceasnachadh féin agus a' rannsachadh ar cridhe le coinnil. Cha rachadh Mac Cheyne leis an teagasc sin idir; b' fheàrr leis am fasan a bha aig Tomas Boston agus aig naoimh nan seann laithean a leantuinn, agus mar sin

gheibhear e a' sgrìobhadh so 'n a leabhar-diomhair.

"*Is e an diugh co-là mo bhreith ; tha mi nis trà bliadhna fichead a dh' aois. Ged nach 'eil mi ach a'm leanabh ann an èàlas air a' Bhiobull agus air Carráig mo shlàinte, deanam na's urrainn leanabh a dheanamh no fhuilang.*

"*An diugh rannsaich mi mo chridhe le trasgadh agus ùrnuiigh, a dh' fheuchainn,*

"(1) *A bheil mi da-ríreadh a' dùnadh ri tairgse na slàinte tre Iosa Criod, no a bheil mi deònach a bhi air mo thearnadh anns an dòigh a bheir a' ghàlair uile dhàsan, agus gun dad dhòmhsa. O, a Thigh-earn, rannsaich mi, oir chan urrainn mi ach a radh,—tha, tha.*

"(2) *An e iarrtus mo chridhe a bhi gu h-iomlan naomh ; a bheil peacadh sam bith annam a dh' iarrainn a chumail ? Chan 'eil falal anns a' Bhiobull as milse leam na so, ' Cha bhi tighearnas aig a' pheacadh thairis oirbh.' Uime sin laigheam iosal anns an duslach.*

"*Tha mi tinn o Dhi-màirt. Chuir mi iùine air leth as ùr, chum beachdachadh air mo chion toraidh, agus gus m' uabhar a chur bhreamh. C' uin a sguireas mi de bhi a' roghnachadh dhomh fèin ? Bithidh mi ag radh, ni mi mar so, no ni mi mar sud, ach thubhaibh Dia, laighidh tu air do leabaidh an so, agus fuilingidh tu mar chì mise ionchuidh.*

"*Bha tuilleadh drùidhidh orm an diugh na dh' fhairich mi riamh roimhe. O gu'n robh comas agam fantuinn ann an Criod, a nigh eadhon casan Iudais, a thug rabhadh dha, a chum gu'm bi mi air mo honadh le a ghràdh agus a choibhneas a tha cho iongantach.*"

Bha gaol aige air anamanna a chosnadh do Dhia, agus b'e an naidheachd a b' fheàrr a chual e riamh gu robh dùsgadh ann an Dun-deagh. Bha eridheachan cruaidh air an leaghadh mar chéir, agus ge b'e àite an robh an soisgeul air a shearmonachadh bha na ceudan ag éigheach, "Ciod a ni sinn ?"

Is ann mu'n àm so a liubhair e ann an Dun-deagh searmón a bha anabarrach drùidh-teach air a cheann-teagaig á Leabhar nan Gnàth-fhacal (viii. 4).

"Ribhse, o fheara, tha mi ag éigheach, agus tha mo ghuth ri cloinn nan daoine," agus searmón drùidh-teach eile o bhriathran Phòil anns a' cheud litir chum nan Corintianach (ix. 26-27). "Uime sin is amhul a tha mise a' ruith, chan ann mar gu neo-chinnteach ; is amhul a tha mi a' cur catha, chan ann mar neach a bhuaileas an t-adhar, ach tha mi a' trom-bhualadh mo chuirp, agus 'ga chur fo smachd, air eagal air chor sam bith an déidh dhomh searmonachadh do dhream eile, gu'n cuirear mi fèin air chùl."

Theagamh nach bitheadh uiread buaidh aig an t-searmon so air coimthionail an diugh 's a

bha aige an uair a liubhair Mac Cheyne e ann an Collace, oir chan 'eil daoine a' creidsinn ann an teine ifrinne an diugh mar bha iad a' creidsinn ann anns na làithean ud.

### An dorchadas iomallach

"Bithidh sibhse, a dhaoine neo-iompaichte, air bhur dùnadh a mach o Dhia. Cha bhi aoradh teaghlach an ifreann, no Biobull, no seinn Shalm, no Sàbaid, no soisgeul, no luchd-faire gu caismeachd a thoirt dhuibh a thaobh 'ur cunnairt. Bithidh am fear-faire 'n a thosd, 'ur cunnart air teachd, agus 'ur binn air a cur an gnàomh, gun àite aithreachais air fhàgail. An sud cha bhi dad ach àmhghair agus eu-dòchas air nach urrainn duine no aingeal cainnt a chur. Brisidh aingidheachd a' chridhe a mach, fuath do Dhia, toibheum d'a aimm. An sud bheir sibh toibheum do Dhia nèimh, agus an truaillidhreachd a bha air a cumail fodha anns an t-saoghal so le freasdalairbh, agus eagal dhaoine, an sud brisidh i a mach cosmhul ris na diabhoil, am measg am bi bhur cuibhrionn agaibh. Cuirear air cul le Dia sibh ; cuirear air cul le Criod sibh ; cuirear air cul sibh leis an Spiorad Naomh ; cuirear air cul sibh leis gach creutair ; cuirear air cul le ainglean sibh, do bhrigh nach 'eil e freagarrach gu'n gabhadh iad truas dhibh. 'Bithidh iad air am pianadh le teine agus pronnus am fianuis nan ainglean naomha agus am fianuis an Uain' (Taisb. xiv. 10). Cha bhi sluagh an Tighearn ag ùrnuiigh, no a' sileadh dheur na's mò air bhur son ; chan abair iad smid as bhur leth air dhuibh a bhi air bhur diteadh, agus air bhur n-iomain gu teine siorruidh. Is ann a their iad 'aleluia ! 'nuair a chi iad deatach bhur dòruinn a' dol suas gu saoghail nan saoghal' (Taisb. xix. 3). Cha bhi ministearan a' strì ribh ; is ann a bheir iad fianuis n 'ur n-gaighaidh. Cuiridh an diabol fèin air cul sibh ; fuaithaichidh e sibh ; pianaidh e sibh, oir bithidh sibhse 'g a phianadh-sa, agus mar sin tuigidh sibh ciod e sin, 'a bhi air bhur beò-ghlacadh leis an diabol.' Cuiridh am bàs fhéin cul.ribh ; bu mhiann leibh bàs fhaotainn, ach teichidh am bàs air falbh uaibh ann an ifreann ; bu mhiann leibh gu'm biodh 'ur cuimhne agus 'ur coguis air an spionadh asaibh, agus nach robh bith riamh agaibh, ach cha bhàsaich a' chnuimh a bhios 'g 'ur n-itheadh agus 'g 'ur cràdh gu siorruidh.'

Tha deich searmoin fhicheadh anns an leabhar uile gu léir, ach thug mi an aire nach 'eil ach ceithir dhiubh air an stéidheachadh air briathran Chriosd, no air teagasc Chriosd. Sin am nùaghadh as mothà a thàinig air searmonachadh ann an Albainn anns a' ghineal so, gu bheil ministearan an diugh a' cumail na's dùlithe ri briathran agus ri teagasc Chriosd an àite a bhi bruidhinn daonnaan mu *innleachd na slàinte*.

## Anns a' Chathair

**A**NNS na làithean so tha e 'n a chleachadh-dhàig móran mhini-stearan a bhi a' toirt dàshearmon do'n choimhlثional air maduinn na Sàbaid; aon searmon ris an abradh ar n-aithrìchean searmon (no co dhìu rud-eigin coltach ris) agus rud neònach eile ris an abair iad "Facal do'n Chloinn." Tha "Facal do'n Chloinn" a nis air fàs cho fasanta's gur e aon de na tèlantán a tha an slugh ag iarradh ann am ministear ealain a bhi aige air labhairt ris a' chloinn. Agus tha euid de mhini-stearan cho cinn-teach gu bheil an ealain so aca fein's gu bheil iad a' cur a mach ann an leabhairchean na searmoin a bhios iad a' toirt do'n chloinn.

Bu mhaith leam fear dhiubh sin a thionndadh gu Gàidhlig agus a chur sios air an duilleig so, los gu'm faiceadh an luchd-leughaidh ciod a tha dol air aghaidh anns an eaglais, agus ciod an seòrsa bìdh a tha air a thaig-sinn do'n chloinn le ministearan aimmeil.

B'e ceann-teagaisg an t-searmoin so, "Seas-áibh gu daingeann anns an t-saorsa leis an d' rinn Criod saor sibh," agus is e an tiotal a tha air a chur as a chionn anns an leabar,

"Thoir breab do'n Chuaich"

"Tha dòrlach de chloinn a' fuireach còmhla rium an dràsd, clann mo bhràthar, balaich agus caileagan sunndach, théid mi 'm bannaibh dhuibh. Thàimig iad a nall á America; fòghnaidh sin.

Tha gaol agam orra; ach air a shon sin—

Aig an dearbh mhionaid so tha iad fein agus na crochairean agam fein a' cluich air gèam ris an abrar "Thoir breab do'n chuaich," mu choinneamh na h-uinneig aig a bheil mi a' sgriobhadh. Gu firinneach b'fheàrr leam nach eualas riann ionradh air an flear a thòisich air a' chluich so an toiseach. Feumaidh gu robh car air chor-eigin na eanchainn, car a tha mi an dòchas nach fág gu bràth e. Tha uiread fuaimé is gleadhraich is sgiamhail anns a' chluich so's a bhiodh ann am fichead piob-mhór aig do chluais.

An aithne dhuibh an gèam so? Tha mi an dòchas gu bheil cuimhne aig na pàrantan air; tha truas agam daonnan ri daoine a thàinig gu aois ma chaill iad cuimhne air na seann gheàmann a bhiodh iad a' cluich, agus air aotramas an òige.

So mar tha "Thoir breab do'n chuaich," air a chluich, agus mur bheil e air a chluich anns an dòigh so, chan 'eil e ceart. Tha dòigh cheart agus dòigh cheàrr air a h-uile gèam a chluich; an uair a bha mise 'n am bhalach bha an dòigh cheart againn air, dòigh a tha cho sean ri gàradh Edein.

Fenmaidh tu cuach fhaotainn, agus ma ghabhas e idir deanamh, biodh i de iarunn-géal, oir mar is mò an tartar agus a' ghleadhraich an uair a bhreabar a' chuach, is ann as fheàrr an gèam.

An toiseach tha aon de'n fheadhainn a tha a' cluich a' gheama air a "chur a mach." Tha dòigh cheart agus dòigh cheàrr air sin cuid-eachd, ach is e an dòigh cheart an rann so aithris,

*Aograidh, aograidh, dùcharaidh thall ;  
Big, big, cniodaich ceann ;  
Ospagach, rospagach, eangach, fuar,  
Ann, dhuit, thugad, is bhuit,—Tha-thu-mach.*

Gun an rann so cha bhiodh an gèam idir ceart.

An sin tha aon air a thaghadh agus a' chuach air a cur 'n a làimh, agus e fein air a chur 'n a sheasamh ann an teis-meadhoin cearcail ris an abrar, an Garaidh, cearcall a bha air a dheanamh ann am mionaid le slachdan-druidhreachd. Dùinidh e a shùilean, is cunntaidh e gu réidh, aon-dha-tri-ceithir gus an ruig e deich. An uair a tha esan a' cunnatas tha càch a' dol am foluch—tha mi duilich a ràdh gu bheil na crochairean a tha 'g a chluich an diugh air beulaibh na h-uinneig agam-sa a' dol am foluch am measg nam fluraichean a chuir mi cho cùramach, ach ciod am feum a bhiodh ann dhomh a bhi gearan? Theireadh iad nach b' fheàrr mi na bòcan, agus co dhìu, an uair a bha mi fein 'n am bhalach rinn mi a cheart rùd a tha iadsan a' deanamh.

An sin tòisichidh fear na cuache air siubhal; cho luath's a chì e aon de na chaidh am foluch, ruithidh e a dh' ionnsuidh na cuache, is cunntaidh e, aon, dha, trè. Tha a nis priosanach aige. An sin seallaidh e a mach as a gharaidh a ris, a dh' fheuchainn am faigh e priosanach eile.

Ach an uair a dh' fhágas e an garaidh, mur toir e an fhior aire, gabhaidh fear de'n fheadhainn a tha am foluch cothrom air a chùl a bhi air a thionndadh ris, is ruithidh e, is bheir e breab do'n chuaich, is tilgidh e i cho fad air falbh 's is urrainn dha.

Leis a' bhreap sin bheir e saorsa do na priosanaich, is ruithidh iad mar na coineanan, is foluichidh iad iad fein anns na tuill.

Gèam math, gun teagamh, ged a b' fheàrr leam e bhi air a chluich ann an àite-eigin eile seach ann am lios fein!

Tha beatha mhic an duine coltach ris a' gheàm so.

Uair no uaireigin tha sinn uile air ar glacadh leis an nàmhaid mar phriosanaich. Beiridh e oirnn an uair nach 'eil sinn 'n ar n-earalas, is bheir e a steach d'a gharaidh sinn. Anns a' gharaidh chan 'eil fodhainn ach feitheamh ri neach làidir air chor-eigin a bheir saorsa dhuinn.

Cò a shaoras sinn? Cò a thig agus a bheir breab do'n chuaich? Tog suas do shùilean, agus amhaire airson a tha 'n a dheann-ruith a thoirt saorsa dhuinn. Thig, thig! ruith, ruith! saor sinn, saor sinn! Thàinig e le iolach, thug e breab làdir do'n chuaich, agus *ho-ré!* *ho-ré!* —tha sinn saor aon uair eile.

An aithne dhuit rud eile as fheàrr a tha a' cur soluis air obair shlàinteil Chriosd na'n gèam so?

Tha fhios aige gu bheil sinn 'n ar priosanaich ann an garaidh ar nàmhaid, is tha e a' tighinn 'n a chumhachd a thoirt saorsa dhuinn. Chan 'eil peacadh no droch chleachdad, glas no prìosan, a chumas uainn e, ma dh' iarras sinn air cobhair a dheanamh oirnn.

Tha an Neach so na 's toiliche air saorsa a thoirt dhuinn na tha sinne air a gabhail. Uair-eigin ann an Galile so mar a labhair e mu obair féin; "thàinig mi," ars esan, "a thoirt fuas-glaidh do na braighdibh."

Sin mar tha an Tiomnadh Nuadh a ghnàth a' labhairt mu Chriosd agus mu obair, gur ann a thoirt saorsa dhuinn a thàinig e.

"Uime 'sin, seasainn gu daingean anns an t-saorsa leis an do rinn Criosd saor sibh."

\* \* \* \* \*

Ciod do bharail féin, a leughadair, air an t-searmon so?

Tha e duilich dhòmhsa mo bharail féin a thoirt dhuit ann an cainnt mhìn shuairee, oir tha obair de'n t-seòrsa so a' toirt oilbheim do m' eanchainn, do m' choguis, agus do gach ni

eile air a bheil meas agam 'n am nàdur féin, agus ann an nàdur na cloinne.

Anns an leabhar as an tug mi an searmon so tha deich air fhichead eile de'n cheart sheòrsa, ach ged tha feedhainn dhiubh na's fheàrr na càch, tha a' choire so orra uile, nach 'eil amnta ach beagan teagaisg agus móran sgeamlain. Tha iad mar gu'm faiceadh tu aon ghràinne sil air a phasgadh ann an seachd slatan de phaipear-ruadh.

\* \* \* \* \*

Chan abair mi an còrr mu'n leabhar so, ach bu mhaith leam a ràdh nach 'eil am fasan ùr so, dà shearmon aig an aon t-seirbhis, cho buannachdail do'n eaglais 's a tha móran a' saoilsinn. A dh' aon ni tha an dara searmon air a ghoirr-achadh cho mór 's nach 'eil cothrom ceart aig a' mhiniestar air seanchas réidh seaghail a dheanamh ri daoine mu flìrinnean móra a' chreidimh, agus mar is trice tha na naidheachdan faoin a bhios air an innseadh do'n chloinn a' milleadh càil a' choimhthionail do theagast ciallach.

Feumar na h-uain a bheathachadh cho maith ris na caoraich, ach is e an dòigh as fheàrr air a dheanamh, leigeil leò ruith còmhla. Gheibh na h-uain am feur a dh' fhòghnas dhaibh air a' cheart raon air a bheil na caoraich ag ional-tradh.

Tha tùr ann an cloinn gu nàdurra, ach tha na searmoin a bhithear a' toirt dhaibh cho lean-abail 's gu'm bi a' chlann a' deanamh tair orra 'n an eridhe.

## Ceisdean Iain

LEIS AN URRAMACH MURCHADH MAC LEòID, M.A., AN CILL MOIRE, 'S AN EILEAN SGITHEANACH

**S**ann air feasgar earraich, feasgar brèagha blàth, gun deò air a' ghaoith—bha ceò nan tighean a' dol suas cho direach ri peileir gunna, agus a cheart cho direach sin bha dà uiseag a' dol suas as m' fhanuis, 's iad a' seinn gu binn; aon de na feasgar ud anns am bheil e comasach do dhuiine a dhì-chuimhneachadh co dhù tha e anns a' cholluinn no as a' cholluinn; 's ann air an fheasgar sin a thàinig mi air Iain, 's e 'na shineadh air taobh enuic. Chuir sinn failte air a chéile, agus thubhairt e, "Bha mi a' smaoin-eachadh, 'n am shineadh an so, air gur h-ann 's an earrach a chuireadh an Slànuighear gu bàs, agus gur dòcha gur h-ann air feasgar a cheart cho sitheil, àluinn ri so a bha Iudas ag iarraidh fàth air Iosa a bhrath. Thug sin mi gu ceisdean eile, agus bhithinn 'n 'ur comain na'n cuireadh sibh solus orra dhomh."

Gheall mi dha gu'n deanainn mo dhichioll, agus gun fhios nach 'eil na ceisdean a bha air Iain air muinnir eile, 's i so a cheud té, agus oïdhirp air solus a chur oirre.

### Féill na Càisge

Ciod a bha Féill na Càisge, aig na shuidhich Criosd sàcramaid suipeir an Tighearna, a' ciallachadh?

Tha e coltach gu'n robh Féill Càisge nan Iudhach a' ciallachadh dà ni dhoibh. 'S e cuimhneachan a bha ann air an oidhche a ghabh Aingeal a' Bhàis seachad air tighean nan Israeleach anns an Eiphit, ach b'i cuideachd Féill an arain neo-ghoirtichte, an cuimhneachan a bha aca air a' chabhaig leis an d' fhág iad tir na h-Eiphit.

Aig àm na Càisge cha robh còir gu'm bitheadh an smùirnean bu lugha de thaois ghoirt a steach air ballachan an tighe, agus gu bhi cinnteach nach bitheadh sin am, bha ceannard an teaghlach a' lasadh coinnle, a' dol sios air a ghlùinean, agus a' ruith air a h-uile cuil a bha 'san tigh.

Air a' cheathramh latha deug de 'n mhìos anns an robh Féill na Càisge air a cumail, 'n uair a bha ürnughean an t-sinagoig seachad, bha an teaghlach uile ri cruinneachadh mu'n

bhòrd, a h-uile neach a bha 's an tigh, seirbh-eisich cho maith ri cloinn.

Air an aon oidhche so co dhiù dh' fheumadh, iad uile a bhi mu'n aon bhòrd, oir bha na h-uile seòrsa anns an Eiphit, agus chaidh na h-uile seòrsa a shaoradh.

Bha am bòrd air ullachadh roimh làimh agus nithean air an cuir air, a bha 'n an cuimh-neachain dhoibh air deuchainnean na h-Eiphit. Bha trì breacagan de aran neo-ghoirtichte ann, a' samhlachadh, tha cuid ag ràdh, an Sagart, an Léibhitheach, agus an t-Israeleach cumanta—b'e sin Israel uile.

Bha truinsear, anns an robh cneamh agus ubh, air a chur air uachdar nan trì breacagan; an t-ubh a' samhlachadh coimhliontachd, agus an cneamh mar chuimhne air an uan. Le chéile bha iad a' ciallachadh iobart choimhlionta.

A thuilleadh air a sin bha bagaid de luibhean searbha, cnothan air am briseadh sìos agus air am bogadh—a' samhlachadh na creadhais leis am bitheadh iad a' deanamh nan clachan—creadhais anns an Eiphit, agus soitheach le uisge saillite, air a' bhòrd.

Bha na trì nithean sin ann gu bhi a' cur 'n an cuimhne searbhadas a' bhraighdeanais, a' chriadh, agus am Muir Ruadh.

Bha cupan air son fion aig gach neach a bha aig a' bhòrd, agus mu'n bitheadh an t-suipeir seachad bha iad a' sùileachadh gu'n òladh gach neach a chuid de cheithir chupain fiona.

### Cupan an Naomhachaideh

B'e ainm a' cheud chupain, Cupan an Naomhachaideh, agus an déidh dhoibh òl, bha iad an toiseach a' nigheadh an làmhain, agus an sin a' tumadh nan luibhean searbha anns an uisge shailhte, agus 'g an itheadh.

'S ann aig àm sin a dheanamh 's an t-seòmar uachdrach, a dh' éirich a' chòmhstiri am measg nan deisciobul, a chronaich Criosd le éiseimpleir fèin, 'n uair a ghabh E làmh anart agus soitheach uisge, agus a dh' ionnlaid e an casan.

An déidh a' chupain so, bha an dara breacag air a briseadh 'na dà leth, agus air a folach air cùl cluasaig, agus a réir cleachdaidh, bha leanabh, ma bha aon 'san dachaidh, mur an robh bha cuideigin eile, a' cur na ceiste, "Ciod is ciall duibh leis an t-seirbhis so?" agus fhreagrach an t-athair le a bhi ag innseadh eachdraidh braighdeanas na h-Eiphit agus mar a shaoradh iad.

Bha iad an sin a' seinn an treas agus an ceathramh salm deug ar chòig fichead.

### Cupan na Saorsa

An déidh nan salm sin a sheinn bha iad ag òl an dara cupain, Cupan na Saorsa; no a' Ghàirdeachais, agus ag itheadh luibhean searbh

is aran, agus na cnothan briste, samhladh na criadh.

Bha an t-aran air flilleadh air a chéile, agus air a thumadh anns na cnothan boga briste, agus air itheadh. B'e sin an gréim an déidh a thumadh a thugadh do Iudas, "Ni an déidh dhasan a ghabhail, chaidh e mach air ball."

Feumaidh le sin nach robh Iudas idir còmhla ri càch aig an àm anns an do shuidhich Criosd an t-sàcramaid.

Bha e air a dhol a mach as an t-seòmar, do'n oidhche, mu'n tug Criosd dhoibh an t-aran agus an cupan, a bha gu bhi mar chuimhneachan air fein.

'S ann an déidh an dà chupain ud, Cupan an Naomhachaideh, agus Cupan na Saorsa, a bha an fhior shuipeir a' toiseachadh, an t-àm aig an robh iad ag itheadh iasg, brot, agus feòil, anns an òrdugh sin.

### Cupan a' Bheannachaidh

'N uair a bha sin seachad bha a' bhreacag ud a chaidh a chur air cùl na cluasaig air a toirt a mach a rithist, agus an treas cupan,—Cupan a' Bheannachaidh,—air òl.

Bha a' bhreacag air a roinn am measg na bha stigh agus an dorus air fhosgladh gu na h-ursanann "ach an tigeadh am faidh Eliah a steach."

Bha iad an sin a' deanamh ùrnuigh, agus a' guidhe gu'n tigeadh sgrios air nàimhdean Israel, a' cleachdadhbh briathran a tha anns an naoidheamh salm deug ar thrì-fichead, agus anns an treas caibidil de Thuireadh Ieremiah.

"Doirt do chorruich air na cinnich aig nach-eil eòlas ort, agus air na rioghachdaibh nach gairm air t-airm. Biodh an àite-tàimh fàs: 'n am pailliunaibh na gabhadh neach còmhnuidh. Ruaigidh tu ann am feirg, agus sgriosaidh tu iad o bhi fo néamhan an Tighearna."

'S ann an uair bu chòir dhoibh an ùrnuigh uamhasach sin a dheanamh a ghlac Criosd Cupan a' Bheannachaidh, an oidhche ud anns an t-seòmar uachdrach, agus an àite na briathran, ud a leughadh shuidhich e cuimhneachan air a ghràdh siorruidh fèin do dhaoine; an t-aran briste a' samhlachadh a chuirp, a bha gu bhi air a bhriseadh, agus Cupan a' Bheannachaidh, cuimhneachan na fol a bha gu bhi air a dòirt-eadh an t-àine ghoirid chum gu'n ruigeadh beannachd chan ann a mhàin air Israel, ach, mar an ceudna, air a mhuintir a chealachd iadsan a bhi a' mallachadh aig àm dhoibh a bhi ag òl an treas cupain aig Féill na Càisge.

### Cupan a' Mholaidh

B'e an ceathramh cupan, Cupan a' mholaidh, agus an déidh dhoibh òl bha iad a' seinn sailm eile, an ceathramh gus an ochdamh salm deug ar shé fichead. 'S é sin an t-seinn a tha air a

h-ainmeachadh anns an t-soisgeul, far am bheil e sgirobhta, “ agus air dhoibh laoidh a sheinn, chaith iad a mach gu sliabh nan crann-ola.”

An oidhche ud anns an t-seòmar uachdrach thug Criod ciall ùr do'n t-suipeir. O'n oidhche

ud bha Cupan a' Bheannachaiddh agus an t-aran briste gu bhi mar chuimhneachan chan ann air an uan a bha aca anns an Eiphit, ach air an fhior Uan Chàisge,—Uan Dhé, a tha a' toirt air-falbh peacaidh an t-saoghail.

## Cor na Gàidhealtachd

LEIS AN URR T. M. MACCALMAIN, M.A., AN GOVAN

(*Air a leantuinn*)

ACH air an làimh eile tha mi ag ràdh cuideachd nach ruig neach a leas a bhi smuaineachadh gu'm bi sonas agus riarrachas aige ma théid fhuasgladh o chuibhreach na bochdann. N'am b'ann mar sin a bha a' chuis bhithheadh saoibhreas agus sonas a' dol làmh air làimh, rud nach' eil. Tha càirdean is éolaich agam-sa a tha a' stri mar as fheàrr as urrainn dhaibh a chum cor aimsireil an t-sluaign chumanta a leasachadh, ach is duilich leam a ràdh gu'm bheil feadhainn diubh de'n bheachd ma chuireas iad as do bhochdajnn gu'm bi a h-uile ni mar is còir agus gach neach sona. Agus their feadhainn dhiubh cuideachd nach' eil mise agus mo shèòrsa ach a' cur dhaoine 'n an eadal a thaobh an cor aimsireil le bhi cumail f'an comhair beannachdan agus geallaidean na beatha spioradail. 'S e so mo fhreagairt dhaibh.

“ Cha mhise idir no mo shèòrsa a tha a' mealladh an t-sluaign. Ach tha sibh-se a' mealladh dhaoine agus 'g ar mealladh féin. Tha sibh-se a' teagast gu'm bheil gach neach 'n a oighre dhligheach air cubhrionn iomchuidh dé na dheasaich an Cruithear a chum maith aimsireil a' chinne-daonna, ach tha mise a' teagast sin agus barrachd. Tha mi ag ràdh gu'm bheil gach neach 'n a oighre air oighreachd mòran na's luachmhoire na tha sibh-se a' taingse dha, agus 's ann a tha sibh a' saoilsinn ma gheibh duine sealbh air an dara leth de'n oighreachd a bhuineas dha le còir gu'm foghainn sin, 's tha sibh a' deanaanh tair air an leth eile, an leth as prisiele buileach.”

### Dà nì feumail

'S e mo bheachd-sa, mar sin, nach ann a mhàin le goireasan agus comhfhurtan a chur an lionmhoireachd a theid cor na Gàidhealtachd a leasachadh. Cho fad 's a tha duine de'n Bharail mar is mothà a bhithreas aige gur ann is toilichte a bhithreas e, bithidh e faicinn chothroman is goireasan thall 's a bhos agus anns gach àite ach a mhàin 's an àite 's am bheil e fhéin. Chan 'eil an so ach mealladh, agus a chum neach a chur saor o'n mhealladh sin tha feum air dà nì, naidheachd ghràsmhor an t-soisgeil gus iompachadh 'n a chridhe, agus oileanachadh inntinne gus gliocas a thoirt dha, agus gus a theagast gu bhi deanamh làn fheum de na cothroman a tha aige.

Cha ruig mi a leas dad a ràdh aig an àm mu'n àite a dh'fheumas a bhi aig searmonachadh an t-soisgeil ann an leasachadh cor nan Gàidheal, mar ann an leasachadh cor gach sluaigh, oir tha cothrom aig gach neach a leughas an oírad so air an t-soisgeul a chluinntinn gach Sàbaid 'n an sgireachd fhéin, no co dhiu tha Facal Dhé dùith dhaibh gus feum a dheanamh dheth. Ach bu mhath leam beagan a ràdh mu oileanachadh.

### Sgoilean na Gàidhealtachd

Tha mi glé chinnteach nach' eil ceàrn eile 's an t-saoghal far am faigheart cothrom-fòghluim mar a gheibhear 's a' Ghàidhealtachd. O' chiomh àireamh mhór bhliadhnaichean bha a' Ghàidhealtachd air thoiseach air gach roinn eile de'n rioghachd a thaobh so, agus taing do'n Eaglais air son sin. B'i an Eaglais am an tomhas mór a chuir air chois sgoilean na Gàidhealtachd an toiseach agus a chùm air adhart iad suas gus a' bhliadhna 1872, agus eadhon bho'n àm sin cha do chailidh an Eaglais a h-ùidh ann an oilceanachadh na h-òigridh. Saoilidh mi gu'm bheil àireamh na h-òigridh 's a' Ghàidhealtachd a tha dol air adhart do'n àrd-sgoil agus do'n oil-thigh, an coimeas ri àireamh an t-sluaign, fada na's mothà na gheibhear an ceàrn air bith eile. The aobhar taingealachd ann an sin, ach chithear an so aon de na h-aobharan a tha a' tanachadh an t-sluaign. De'n àireamh a tha a' faighinn àrd-fòghluim, feumaidh a' mhór-chuid am beatha a chur seachadh an taobh a mach do'n Ghàidhealtachd, oir, chan 'eill àitean dhaibh uile anns a' Ghàidhealtachd. A ritist, tha seòrsa de bheachd am measg dhaoine nach' eil fòghluim sam bith buannachdail ach am foghluim a dheasaicheas a' chlann air son àrd-sgoil is oil-thigh agus air son a bhi 'n an dotairean, 'n am ministearan, 'n an luchd-teagaisg, agus an seòrsa sin.

### Eòlas na làimhe

Tha feum air gu'm bitheadh ann an sgoilean na Gàidhealtachd barrachd oilceanachaidh air a thoirt gus an òigridh uidheamachadh air son gach seòrsa oibre air muir agus air tir a gheibhear 'n, an dùthaich féin. Agus tha feum gu'm bitheadh clànn air an teagast

gus tlachd a' ghabhail anns na nithean sin a gheibhear, agus a chithear, agus a ghabhas deanamh 's an àite 's am bheil iad, iomallach 's gu'm faod e a bhith. Chan ann anns na bailtean móra a mhàin a tha na nithean iongantach agus annasach, agus chan ann a mhàin 's na collaistean mu dheas a dh'fhòghluinear gliocas agus a mheudaichear èolas. Ann sna làithean o shean bha tuigse, agus gliocas, agus géiread intinn, agus toileachadh ann an nithean simplidh agus ann an nithean nàdura, air am faotainn am measg nan Gàidheal eadhon an uair nach robh a bheag dhiubh comasach air peann a chur ri paipear. Is mór an call gu'n saoileadh neach gur ann ann an leabhrachean a mhàin, agus ann an càinannan Gall, a gheibhear soillseachadh intinne.

### Comhfhurstachd a' chuirp

Thùbhairt mi gu'm feumadh dà rud tachairt mus tigeadh tilleadh ann an dol-as na Gàidhealtachd. B'e aon diuhb gu'n ionnsaicheadh daoine làn-fheum a dheanamh de an cothroman, beag agus suarach 's gu'm faod na cothroman sin a bhith. B'e an t-aon eile gu'm bitheadh e air a dheanamh a cheart cho buannachdail agus cho comhfurstail do dhaoine a bhi fuireach 's a' Ghàidhealtachd 's ged a bhitheadh iad air a' Ghalldachd.

Their feedhainn nach gabh so a dheanamh : their mise, ged nach gabh a dheanamh gus an ire a mhiannaicheadh daoine, gu'm bu choir oidhriph a dheanamh le so anns an amharc. Tha fhios aig gach neach, ma thàinig adhartas sam bith anns a' Ghàidhealtachd anns a' lethcheud bliadhna a tha nis air ruith, gu'n tainig an t-adhartas sin an tomhas mór an lorg Achd nan Croitearan, reachd a thug teàruinteachd agus misneach do na croitearan mar nach robh aca roimhe. Rinneadh Achd nan Croitearan mar 'thoradh air a' mhìn-sgrudadh a rinn Commission a' Mhorair Napier. Ach ged bu mhath Achd nan Croitearan, tha còrr is lethcheud bliadhna air ruith bho'n àm sin, agus tha sinn an saoghal ùr an diugh, agus ma tha adhartas 's a' Ghàidhealtachd tha mòran chûisean ann cuideachd a tha cur feuma air ceartachadh.

### Earailean na Comhairle

Ann an 1936 chaidh Comhairle a thaghadh gus ramnsachadh a dheanamh mu chor na Gàidhealtachd 's an linn so, mar a rinn Commission Napier 's an linn a dh'fhalbh. Ghabh a' Comhairle so còrr is dà bhliadhna a' dol o àite gu àite, a' ceasnachadh gach seòrsa, ag éisdeachd ri iomadh barail, agus a' faicim le'n suilean féin suidheachadh nan Gàidheal anns gach ceàrn. Aig deireadh na bliadhna so chailiù chuir iad críoich air an obair agus thug

iad am follais cunntas air cor na Gàidhealtachd agus earailean gus cùisean a cheartachadh. "Saoilidh am fear a bhithreas 'n a thàmh gur e fhéin as fheàrr làmh air an stiùir." Mar sin, 's e glé bheag de dhaoine a leugh an leabhar a tha riaraichte leis a h-uile rud a tha a' Chomhairle ag ràdh. Ach cha robh riabh, agus cha bhi gu brath, Comhairle no Commission ann a riaraicheas a h-uile duine. Tha a' mhór-chuid de dhaoine aig am bheil èolas air cùisean Gàidhealach a' moladh agus ag aontachadh le earailean na Comhairle, ged a dh'fhaodadh cuid de na h-earailean sin a bhi na b'fheàrr na tha iad.

### Ard-ùghdarras

Cha cheadaich ùine earailean na Comhairle a chur sios an so, oir tha còrr is dà cheud taobh-duilleig 's an leabhar a chuir iad a mach, agus feudaidh gach neach a thogras a cheannach air dà thasdan, agus is math is fhiach e sin. Fòghnaidh e dhomh so a ràdh. Tha a' Chomhairle ag earalachadh gu'm bitheadh Ard-ùghdarras air a shuidheachadh gus obair-leasachaidh a thoiseachadh agus a chumail air adhart anns a' Ghàidhealtachd ; gu'n gealladh an Stàit do'n Ughdarras sin na dh'fhòghnas de dh'airgiad a chum na criche sin ; agus gu'n cumadh an dà chuid an t-Ard-ùghdarras so agus an Stàit f'an comhair gur e a tha a dhith air a' Ghàidhealtachd cothrom-cosnайдh air son an t-sluaigh agus duais iomchuidh air son an saothrach, agus goireasan a thoirt dhoibh de gach seòrsa a tha feumail. Tha móran air a ràdh ann an leabhar na Comhairle-rannsachaidh, mu mhargaidhean is mu phrisean, mu ghoireasan siubhail air muir is tir agus 's an adhar, agus mu pharaidhean, mu obair chroitearachd agus thuathanachas agus iasgach, mu obair-choille agus mu thighean-còmhnuidh, mu obair-uisge, mu oileanachadh agus mu iomadh rud eile.

### Saothair diomhain ?

'S i a' cheist mhór a nis : Am bheil an Riaghaltas a' dol a ghabhail ris na h-earailean sin, no am bheil saothair na Comhairle a' dol a bhi gun bhliu agus a' Ghàidhealtachd ri bhi air a fágail mar a tha i, a' call a cuij shnaigh 'n am miltean gach bliadhna gus mu dheireadh nach bi air fhágail anns gach sgireachd ach lethdusan de mhuinntir aosa, na sgoilean dùinte, na croitean fo luachair, na monaidhean fo raineach, na sleibhteán fo fhéidh ? Tha spàinn chruaidh 'g a deanamh aig an àm gus toirt air an Riaghaltas dol an car a' ghnothluich gun dàil, oir thugadh gcalladh an uair a thaghadh a' Comhairle an toiseach nach bitheadh an saothair diomhain. Tha cuij de Ghàidheil an déidh gach rud air an smuainich iad a dheanamh gus toirt air an Riaghaltas gluasad anns a' chùis, ach is bochd an gnothuch e gu'm bheil a'

mhór-chuid de shluagh na Gàidhealtachd 'n an tosd mu'n ni so.

### Càradh no ùr-thogail

Bithidh mi fhéin a' samhlachadh na Gàidhealtachd ri seann tigh a tha cur feum air càradh. Ma tha an tigh air fàs sean is eu-dionach is mi-chomhfhurtail, feudar dà rud a dheanamh. Feudar seòrsa de chàradh a dheanamh air, sgleat ùr no dhà a chur air a' mhullach, aol a chur air na ballaichean, peant a chur air na h-uinneagan agus air an dorus. Ach gheibh thu mach nach fhada gus am feum thu dol 'n a char a rithist. An uair a tha tigh air fàs cho sean 's gu'm bheil e a' cur feum air càradh gu bitheanta, tha e mòran na's fheàrr agus na's saoire air a' cheann thall a thogail as ùr, ged a dh'fhaodas tu 'anns an togail ùr feum a dheanamh de'n t-seann làrach agus de na seann chlachan. 'S ann mar sin a tha a' Ghàidhealtachd, 'n am bheachd-sa. Cha dean càradh a' chiùis, 's cha dean tuathagan beaga an gnothuch. Ach ma tha thu dol a thogail tigh ùr, feumaidh tu tri nithean; dealbh no "plan," fear-deilbh no fear-gnothuich, a chi gu'm bi an togail air a dheanamh a réir a' phlan, agus

luchd-oibre. A thaobh ùr-thogail na Gàidhealtachd, tha erailean na Comhairle-rannsachaidh a' nochdadhbh dhuinn a' phlan no a' mhodh air an còir dhuinn togail; tha feum againn air Ard-ùghdarras a chi gu'n tèid gnothuichean air adhart a réir a' phlan; agus is iad Bòrd an Fheàrainn agus Bòrd na Slàinte agus Bord an Iasgaich agus na Comhairlean Siòrramachd agus na Comhairlean Ionadail agus an seòrsa sin an luchd-oibre aig am bi làmh, gach aon a réir a cheàrd fhéin, anns an togail ùr a tha sinn a' miannachadh.

### An t-airgiot

Tha cothrom mór f'ar comhair aig an àm, cothrom nach tig gu bràth tuilleadh ma leigeas sinn seachad 'e, chum cor na Gàidhealtachd a chur am feabhas agus stad a chur air an fhàschadh a tha dol air adhart 's an taobh tuath. Cosdaidh e airgiot! Cosdaidh e sin, ach cha chosd e barrachd airgid na tha cheanàir a chosd 's a' Ghàidhealtachd agus glé thric gun ach beagan buannachd 'n a lorg. Ma tha airgiot ri bhi air a chosd, bitheadh e air a chosd ann an dòigh ghlic agus bhuanachdail. Na cosdamaid e a' càradh tuathagan air seann deise; cosdamaid e air deise ùr.

## Aig an Uinneig

### Gniombh uasal

**A**NNS na bliadhna chan anns an deachaidh iasgach ansgadain an aghaidh nan iasgairean ann an aon de na h-Eileanan Siar lean fear de mharsantan an eilein air biadh is aodach is goireasan eile a thoirt do na h-iasgairean air dàil. Ach b' e an deireadh a bha aige, gu'n do bhris e, agus gu'm b' fheudar dba còrdadh a dheanamh r'a luchd-fiach le beagan thasdan a thoirt dhaibh as an *not*.

Ach an uair a dh' fhàs timeannan na b' fheàrr shoirbhidh chûisean leis a' mharsanta ud a ris, is fhuair e air a chasan. An sin chuir e sanas ann an *Tìm an Obain*, ag ràdh gu'm biodh e 'nan comain gu mór na'n cuireadh a' chuid a bha beò d'a luchd-fiach, agus oighreachan na feadhnaich a bha marbh, fios chuiige, oir gu'm bu mhaith leis a h-uile sgillinn a bha aca air a phàidheadh.

Tha gnìombh uasal 'n a bhuanachd do'n t-saoghal uile; 'n a àile beatha chum beatha, is fao daidh tu a bhi cinnteach gu robh iomadh marsanta eadar Stòrnabhagh agus an t-Oban air a bhioradh 'n a choguis an uair a leugh e ann an *Tìm an Obain* mu'n dòigh anns an do chuir an duine ud a chûisean saoghalta an òrdugh.

An uair a tha coguis duine a' fàs cho maoth

?Please supply "copy" for 15 lines to fill up column, or if you take 7 lines from previous column into this one, the two columns will each be 8 lines short, and a fill-up could be inserted by you.



## Crìoch nan uile nithean?

*"Tha crìoch nan uile nithean am fagus; uime sin bithibh measarra, agus deanaibh faire chum ùrnuigh."*—  
1 PEADAR IV. 7.

**M**A bha Peadar an dùil gu robh deireadh an t-saoghal dliòth bha e air a mhealladh. Bha móran de na creidmhich anns a' cheud linn an dùil gu robh dara teachd an Tighearn cho dlùth 's gu'm faiceadh iad le'n stùilean e ann am beagan uine. Thog iad ceàrr facail a labhair Criod mu'n chùis so, ach ged bha iad ceàrr ann an aon seagh bha iad ceart gu leòr ann an dòigh eile, oir anns na làithean ud bha breitheanais Dhe air an talamh, is bha Dia a' crathadh nan nithean a bha deas gu dol as an t-sealladh chum gu'm fanadh na nithean nach gabbh crathadh.

Bha fhios aig Peadar gu robh luchd-leann-mhuinn Chriosd ri bhi air an dearbhadh mar le teine anns na làithean cunnartach ud, agus gu'm feumadh iad am fianuis a thogail gun dàil, agus mar sin thubhaint e riu, "Bithibh measarra agus deanaibh faire chum ùrnuigh."

Leis an fhacal "measarra" bha Peadar a' ciallachadh tuilleadh 's a bhi stuama; bha e a' ciallachadh iad a bhi neo-ghluasadach ri aghaidh gàibhaidh, inntinn làidir fhallan a bhi aca nach rachadh am breislich, agus nach tiomadh roimh fhreasdal searbh.

Ach a thuilleadh air iarraidh orra an inntinn làidir sin a bhi aca dl' iarr e orra cuideachd faire a dheanamh chum ùrnuigh, agus an dòchas a chur anns na feartan diomhair a tha o'n àirde.

Na'n robh Peadar a' labhaint ruinne anns na làithean deireannach so, agus anns an t-suidd-eachadh anns a bheil ar rioghachd an diugh, theireadh e ruinn a cheart rud a thubhaint e ris na ceud Chriosduidhean, "Biodh inntinn fhallan agaibh agus deanaibh ùrnuigh."

Tha feum againn air inntinn fhallan, oir chan 'eil e furasda imntinn fhallan a chur bhàrr a sìùil; bheir i breith chothromach far an rachadh inntinn lag no eagallach fada ceàrr. Agus tha feum againn air ùrnuigh, chan ann a mhàin a dh' iarraidh cobhair o Dhia ach a chumail ar n-iarrtusan a réir a thoile.

An àm cogaidh tha daoine titheach air ùrnuighean ceàrr a thairginn, agus mar sin bu chòir dhuinn am facial so a chuimhneachadh a ghnàth, "Ma bheir mi spéis do euecart 'n am chridhe chan éisd an Tighearna rium." Duine air bith a ni ùrnuigh ann am feirg, no ann an gamhlas, no a dh' iarras air Dia aontachadh leis fhéin, sin agad duine aig a bheil spéis do euecart 'n a chridhe.

Anns a' chogadh a tha air éirigh as ùr bithidh cui'd de leughadairean na duilleig so ri aghaidh-

bualaidh, is bithidh cuid eile air am fágail aig an tigh. Is e na gillean òga a dh' fheumas teas agus uallach an là a ghiùlan, direach a chionn gu bheil iad òg agus làdir, ach tha e mar fhiachaibh air seann daoine agus leth sheann daoine agus gach aon eile a dh' fhagar aig an tigh feuchainn ri cridhe agus inntinn na dùthcha a chumail fallan agus Criodail. Ciod an tairbhe a bhiodh ann dhuinn mar rioghachd a' bhuaidh a chosnadh na'n tuiteamaid air falbh bho na nithean a tha urramach agus usal, o fhírin agus o cheartas? An àm cogaidh tha an fhearg agus am nilorun á bhios ann an cridheachan dhaoine anabarrach titheach air an coguisean agus an inntinnean a dhalladh, agus mar sin feumaidh sinn feuchainn ri cuisean fhaicinn ann an solus Dhe agus ann an solus fhacail, los ar n-inntinnean féin a chumail *fallan*. Agus chan 'eil doigh as fheàrr air cuisean fhaicinn aum an solus Dhe na ùrnuigh a dheanamh.

Dionaidh ar saighdearan agus ar seòladairean ar dùthach agus ar cladaichean, ach is ann air an eaglais agus air luchd-aideachaidh a tha e mar fhiachaibh anam na rioghachd a dhòn o naimhdean as miosa agus as sgriosaille na eadhon a' Ghearmailt, na faireachduinmean borb sin a chuireadh ar ciall agus ar coguis bhàrr a' chrùin. "Uime sin bithibh measarra agus deanaibh faire chum ùrnuigh."

Gleidheamaid fa ghombair ar sùl a ghnàth an sealladh so, an Tighearn Dia air a righ-chathair; chan e Dia Bhreatuinn, no Dia na Gearmailte, ach Dia na talmhainn uile aig nach 'eil claon-bhàigh ri rioghachd seach a chéile, agus a tha neo-choachlaideach 'n a naomhachd, 'n a cheartas, agus 'n a fhírinn. "Anns gach uile chinneach tha an neach air a bheil eagal Dhe, agus a dh' oibricheas fireantachd, taitneach leis."

"Mur tog an Tighearn an tigh, gu diomhain saothraichidh a luchd-togail: mur gléidh an Tighearn am baile, gu diomhain ni am fear-coimhid faire." Obair, no rùintean, no inntleachd air bith, nach 'eil a réir reachdan siorruidh Dhe, cha soirbhich iad is cha mhair iad. Theagamh gu'm mair iad uine gheàrr, is faodaidh iad mair-sinn cho fada 's gu'm fas cridheachan meata fann, ach tha am binn air a sealachadh, do bhrigh gu bheil Dia air a righ-chathair. Sin an sealladh a bheir air daoine eagallich misneach a ghlacadh, agus inntinn làdir a bhi aca.

*Deanaibh faire chum ùrnuigh*

## Anns a' Choille Bheithe

**B**' e Mairi Bhrùnach, no mar theireadh iad Brithe, Mairi Mhór an Dròbhair, an té mu dheireadh ann an Cille-sgumain a chaidh gu *Loudi* a dheanamh na buana. Ach bha i a' deanamh tuilleadh is obair an Fhoghair, oir bhiodh i a' falbh a h-uile bliadhna mu Bhealtruinn agus cha tigeadh i dhachaidh gu Samhuinn.

Chan 'eil ach gu bheil cuimhne agam air Mairi, oir shiubhail i'n a fior sheana bhoirionnach m' an robh mise ach mu sheachd bliadhna a dh' aois, ach fad iomadh bliadhna an déidh a báis bha cuid de na facail a bhiodh i ag ràdh air an cumail suas am measg dhaoine an Cille-sgumain. Aig an àm cha robh fhios agam ciod a bha iad a' ciallachadh, ach tha fhios agam a nis.

An uair a chitheadh i duine air bith ag obair gu leasg slaodach, no a' deanamh obair ghröic-eil, theireadh i, "Is furasd fhaicinn nach 'eil Uisdean Bertram air do shàil," agus na'n cluinn-eadh i duine a' bòilich mu àite no mu ni fo'n ghréin, theireadh i, "Och, och, a thruaghain, chan fhaca tua Fentonbarns."

Bha tigh Mairi 'n a thigh-céilidh aig òigridlh Chille-sgumain, is bhiodh iad a' dol ann a dh' aon ghnothuch gus Mairi a chur a sheanchas mu *Loudi*. Cha robh e duilich dhaibh sin a dheanamh, oir cha robh seanchas eile aice, is cha robh rud air an t-saoghal a b' fheàrr leatha na bhi ag innseadh mu euchdan Uisdean Bertram, agus mu'n bhàrr a chunnaic i a' fàs air achaidhean Fentonbarns; barr cho trom 's nach robh rùm air na h-achaidean do na h-adagan. Ged a bhiodh Iain a bràthair ag innseadh naidheachdan air Fionn Mac Cumhail agus Feachd na Feinne cha robh ann am Fionn no 'n a cheatharnaich ach daoinne suarrach ann an stíleán Mairi an coimeas ri Uisdean Bertram, is cha robh ann am fearann Ghoshein ach àite bochd lom an coimeas ri Fentonbarns.

### Seirbhiseach maith

Ged nach faca mise Uisdean Bertram riamh chunnaic mi Fentonbarns iomadh uair, agus bu mhàith leam rud no dhà uime a chur sios air an duilleig so an eararas gu'm bi e air a leughadh le cuid de na bhiodh a' cluinnntinn Mairi Bhrùnach 'ga mhìoladh, agus gu'n toir mi orra a chreidsinn nach robh facial aice ach an tul-fhirinn an uair a bhiodh i ag ràdh gu robh dailtean móra Fentonbarns air an cumail cho glan ri gàradh-càil, gun uiread agus aon chopag, no aon fheanntag, no aon luibh-fhuadaidh annata.

Ach m' an tòisich mi air a' chuid sin bu mhàith leam a ràdh gu'm b'e Uisdean Bertram an t-oirean a bha anns an tuathanachas ud,

duine a bha dileas d'a mhaighstir, agus a bha cho teann air fhéin 's a bha e air an luchd-oibre a bha foidhe. Cha chuala mi Mairi Bhrùnach a' bruidhinn mn'n tuathanach riamh; cha b' ann ris-san ach ris an oirean a bha a gnothuch, ach ma bha Uisdean Bertram ainmeil mar oirean air feadh *Loudi* gu léir, bha Seòras Hope, an tuathanach, ainmeil, chan ann a mhàin ann an *Loudi* ach air feadh Albainn uile, agus ann an Sasunn, agus ann an Denmark, is bhiodh tuathanach is na dùthchanna thall a' tighinn a dh' fhaicinn an fhearrainn aige agus mar bha e air oibreachadh.

Bha trì ginealan de'n teaghlaich ud ann am Fentonbarns, an t-athair, am mac; agus an t-ogha, ach is ann ri linn an ogha, Seòras Hope, a bha Mairi Bhrùnach anns an àite. Anns na làithean sin bha sè ceud acair de thalamh-treabhaidh ann, is bha Seòras Hope a' pàidh-eadh suas ri dà mhile not màil, no tri puinnd 's a crùn an t-acair. Ach cha do ghearrain e riamh air a mhàl.

### Eanchainn agus sgoiinn

An uair a chaidh a sheanair do Fentonbarns cha robh ann ach àite bochd, is cha robh e a' pàidh-headh de mhàl ach trì tasdain an t-acair, ach b'e am bodach Hope aon de na daoine làidir a thug tuathanachd na h-Alba a mach á tigh na daorsa agus a thug a steach i do thir a' gheallaidh. Dh' oibrich e gu cruaidh uile làithean a bheatha, is chuir e eanchainn agus sgoiinn 'n a obair. Cha do shòr gin de na Hopes riamh fearann a mhathachadh le làimh fhialaidh na'm faigheadh iad aonta naoi bliadhna deug. Bha iad corr agus ceud bliadhna ann am Fentonbarns uile gu léir, is bha e air a ràdh gu'n do chuir iad a mach os ciomh ceud mile not anns an tìne sin a mhathachadh an fhearrainn. Bha móran de'n talamh flucht an uair a chaidh seann Hope ann an toiseach, air a bhàthadh le uisge agus air a thachdadh le salchar is luibh-eannach gun fheum, ach thiormaich iad a h-uile acair dheth is chuir iad ann uiread phòbainuisge fo'n talamh 's gu'n rachadh iad dà uair o Thigh-Iain-Ghreòta gu Lunnainn na'n robh iad air an eur ceann ri ceann. B'e an t-uachdaran a phàidh air son nan digean agus nam piobainuisge, ach bha an cosdus daonnan air a chur air a mhàl. Bha an t-uachdaran agus an tuathanach le chéile a' tilgeadh an arainn air aghaidh nan uisgeachan, oir bha fhios aca nach robh dad a chuireadh iad anns an fhearrann nach tigeadh air ais chuca.

Eadar an t-athair agus am mac agus an t-ogha chuir iad ochd mile tunna aoil air Fentonbarns, a thuilleadh air guano. Bhiodh Seòras Hope a' cur dà fhichead cairt mhór imnearach

agus dlùth air leth-tunna guano mar leasachadh air a h-uile acair buntàta, agus am bitheantas bha ceithir fichead no ceud acair aige fo bluntàta, ach bha am buntàta a' pàidheadh dha gu maith. Fhuair e uair agus uair leth-cheud not an t-acair air mar bha e a' fàs, an ceannache ris a' bhuntàta a thogail.

Anns na làithean ud, an déidh cogadh Bhoni-part, bha pris mhór air cruithneachd agus air buntàta ; is ann bliadhna annamh nach biodh siol cruithneachd tri fichead tasdan am bolla, is bha a h-uile acair a' bualadh seachd bollachan sil.

Bha a h-uile troigh de'n bhaile fo'n chrann, agus air oibreaghadh mar gu'm biodh gàradh-càil ; cinn agus taobhan nan iomairean air an treabhadh gus mar bheagan òirleach o'n fhence. Chan e mhàin gu robh am buntàta agus an tùirneap air an glanadh gu cùramach, ach bhiodh Mairi Bhrùnach agus sgoath de bhoirionnaich eile air an cur air feadh a' chruthneachd agus an arbhair, agus hoe ann an làimh gach té dhiubh, a chumail sios chluaran no croimluis, no luibh air bith eile a thachradh orra. Anns an Fhoghat bhiodh sgoath Eirionnach a' tighinn á Donegal a dheanamh na buana.

Ach ged a bha na timeanann maith do na h-uachdarain agus do na tuathanach aig an robh sgoinn is sgil cha robh iad maith do'n luchd-oibre. Cha robh aca ach tuarasdal beag ; gheibheadh Seòras Hope treabhaichean maith, cho maith agus nach 'eil an leithid idir ann an diugh, air dusan tasdan 's an t-seachduin, le min agus buntàta.

### Siol America

Ach fhuair an seòrsa tuathanachd ud a' bhuille-bhàis an uair a rinn a' Phàrlamaid reachd gu'm biodh siol cruithneachd air a leigeil a steach do'n dùthach saor gun chìs. Tha e a' freagairt air muinntir nam bailtean-móra, agus ann an aon dòigh air an dùthach uile, siol agus biadh a bhi saor, ach chan 'eil sin a' freagairt cho maith air muinntir an fhearrainn, uachdarain agus tuathanach agus treabhaichean. An uair a gheibh thu an eruitheachd as feàrr á Canada air còig tasdail fhichead am

bolla, agus coirce-mór á aite-eigin eile air sè deug, cò an tuathanach no an croitear anns a' Ghàidhealtachd a leigeas a leas a bhi an dùil gu'm pàidh e dha an talamh a thionndadh, ma dh'fheumas e pàidheadh air a shon ? Chan e peirceall na caorach a mhàin a chuir an crann air an fharadh an Albainn, ach siol saor á America agus faraidhean saora aig na bàtaich-ean-móra a tha 'g a thoirt a nall.

Tha a' chuid as mothà de Fentonbarns an diugh fo fheur, is stoc mór de chrodh bainne air. Chan 'eil teagamh nach 'eil sin a' pàidheadh na's fheàrr an diugh na phàidheadh an dòigh a bha aig Seòras Hope air a' bhaile oibreaghadh, ach na'n robh esan agus a sheòrsa beò an diugh bu chiar leò a bhi 'g am faicinn féin a' bleògħan eruidh an àite a bhi a' reic sil, agus a' fritheachadh do mhucan agus do chearean agus do sheilleanan an àite a bhi a' reamhrachadh dhamh. Ach an uair a gheibheadh iad thairis air neònachas an fhreasdail a chuir am measg chearean agus sheilleanan iad chith-eadh iad gu bheil an dara rud cho uasal ris an rud eile.

An uair a' ruith an aonta a bha aig Seòras Hope air Fentonbarns a mach cha tugadh an t-uachdaran aonta ùr dha, is cha mhò a dh' innseadh e car son nach tugadh. Ach bha fhios aig an t-saoghal car son a b' fheadar dha Fentonbarns fhàgail ; b'e *Liberal* a bha ann an Seòras Hope is dh' fheuch e ri faontainn a steach do'n Phàrlamaid, agus thug sin oilbheum do'n uachdaran a-bha 'n a *Thory* làidir. Rinn an rud móran bruidhne ann an Albainn agus ann an Sasunn aig an àm, is theab *Tories* eile agus a chàirdean féin an t-seiche a thoirt bhàrr an uachdarain, Mgr Nisbet Hamilton, air son gniomh cho leanabail agus cho leibideach a dheanamhl, tuathanach ainmeil a chur a mach as a' bhaile a rinn e ainmeil le sgil, agus anns an robh e féin agus a shinnsear ceud bliadhna, gun aobhar air bith ach gu robh e neo-eisiomaileach 'n a bheachdan. Rud nàrach ! Bha móran de na *Tories* ann an *Loudi* air an nàrachadh cho mór 's gu'n do thaing iad bailtean a bha aca ri shuidheachadh a thoirt dha agus leigeil leis féin mál a dheanamh dhaibh.

## Cor na Gàidhealtachd

LE UILLEAN I. W. [REDACTED], M.A., LL.D., D.LITT., F.R.S.E.

mac Bhàtar

IS mór an t-atharrachadh a thàinig air a' Ghàidhealtachd ri ar linn fhéin, agus chan ann air a' Ghàidhealtachd a mhàin, ach air gach dùthach eile feadh an t-saoghal gu léir.

Bha còrr is ceud mile duine na's mothà air a' Ghàidhealtachd ceud bliadhna air ais na a tha innte an dràsda. An coimhcheangal ri sin bu chòir cuimhne a chumail gun

robh móran na bu lugha de shluagh anns na bältibh beaga is anns na bältibh móra na a tha anna a nis. Mar eisimpleir gabhaibh baile Inbhir-Nis : anns a bhliadhna 1831 cha robh ann ach naoi mile gu leth agus beagan. Am baile Pheairt bha na's lugha na fichead mile. Tha a nis còrr is a dhà uiread anns na bältibh sin ; agus mar sin anns na bältibh eile. Ceud

bliadhna air ais bha a' chuid mhór de'n t-sluagh a' fuireach air an dùthaich, agus cha b'ann anns na bailtibh. Bho'n ám sin thàinig car eile an adhaire an daimh : tha na bailtean a' fàs agus tha an dùthaich a muigh orra a' meath. Is fheudar dhuinn sin a thoirt fa-near ann a bhith ag coimeas àireamh an t-sluaign mar a tha iad a nis ris mar a bha iad o chionn ceud bliadhna.

### Caochladh muladach

Is gann gum faigh sibh fear-ceàird an diugh a' fuireach air an dùthaich mar a b'âbhaist. Ma's aill leibh fios fhaotainn air a' chaochladh mhuladach a thàinig air an dùthaich, chan 'eil agaibh ach stiùl a thoirt air Seann Chunntas na h-Alba, a chuireadh a mach eadar 1791 agus 1799—cunntas mionaideach air gach sgire an Albainn : tha leabhar air fhichead dheth againn. Tha mi coma ciod an sgire a ghabhas sibh—cha dèan e móran difir ; ach gabhaibh Sgire Chille Mhoire air Machair Rois ; is ann oirre as fheàrr a tha mi edlàch. Ann a' bhliadhna 1793 bha ann an sgire Chille Mhoire ceithir bùithean, dà chlachair dheug, ceithir saoir-chuirn, sia saoir-thighe, ceithir goibhnean, deich greus-aichean, ochd breabadairean deug, deich tàillearan, agus fichead fear ri obair aoil. An diugh chan 'eil ach an aon ghobhainn, agus ma tha còrr thàillear no ghreusaiche ann, is anns an dà bhaile bheag, an Cladach agus Baile a' Mhuilinn, a gheibhearr iad. Chan 'eil an còrr ann. Nach mór am bochdachadh sin air sgire, fir-cheàird a bhith a dhith air an àite ? Tha fhios agaibh fhéin na's fheàrr na th'agamsa mar a tha cùisean anns na h-eileanan an iar—a h-uile nì air an cuir a' mhuinnitir feum a' tighinn bho Ghlašchu.' Maith dh'fhaoidte an uair a thubhairt mi " a h-uile nì " gun d'thubbairt mi cus ; ach cha ghabh e àicheadh nach 'eil na h-eileanan an crochadh ri Glaschu na's mothu na bu chòir dhoibh a bhith.

Is tric a bha mi smuaineachadh gum bu mhaith an nì cunntas a dhèanamh air an dara làimh air gach bathar agus air gach airgiod gun chosadh a tha tighinn a steach do eilean àraigheadh, agus air an làimh eile cunntas air gach bathar is gach nì eile a tha dol a mach bho'n eilean. Chan e nach biodh a leithid so de chunntas ceart cho iomchuidh air dùthaich de'n mhóirthir, ach gum biodh e móran na b'fhasa a dhèanamh a thaobh eilein na a thaobh ceàrna de'n mhóirthir. Chitheamaid mar sin mar a tha cothrom a' bhathair a' seasamh eadar na nithean a tha tighinn a steach agus na nithean a tha dol a mach.

Chuala mi naidheachd bho dhuine a tha mion-eblach air na h-eileanan mu thuath air baile beag no coimhearsnachd bhig àraigheadh anns a bheil na h-uiread de airgiod gun chosadh a' tighinn a steach do'n luchd-còmhnuidh gun do leig iad dliùbh, cha mhór gu tur, am

fearann aca àiteachadh. Biodh sin mar a bhitheas e, chan 'eil teagamh nach b'fheàirde an tuath a bhith tighinn beò air obair agus air toradh an làmhan fhéin agus am fearainn fhéin seach a bhith ag ceannach na h-uiread bho'n taobh deas.

### Comunn feumail

The aon Chomunn ann a tha air leth feumail do mhuinnitir na Gàidhealtachd agus gu h-àraidh do na h-Eileanan, agus is e sin Comunn nan Ealaidhean agus nan Ceàrd Dùthchasach Gàidhealach. Is e rùn a' Chomuinn sin gach misneach as urraim dhoibh a thoirt do na mnathan is na nigheanan, do na fir is na gillean, gu bhith ris na seann cheàird a b'âbhaist a bhith cho cumanta, mar a tha sniomh agus fighe agus breabadaireachd, agus an leithid sin, mar a thubhairt am Bard Leódhachasach, Murchadh Mac Leoid :

Air feasgar a' gheamhraidh théid tionndadh gu gniomh,  
Ri toirt eolais do chloinn bidh gach seann duine liath ;  
Gach iasgair le shnàthaid ag càradh a lion,  
Gach nighean ri càrdadh 's a màthair ri sniomh.

Chan ann idir air son buannachd dhoibh fhéin a tha an Comunn so ri obair, ach air son leas an luchd-oibre. Tha ceann-bhith aca an Dunéideann agus bùithean an àitean eile. Ann a' bhliadhna 1919 phàigh iad a mach do'n luchd-oibre £12,000, agus mar so anns na bliadhnaibh 'n a déidh :

1929 . . . .	£12,000
1930 . . . .	12,938
1931 . . . .	12,876
1932 . . . .	13,494
1929-1932 . . . .	£51,308

Mu na h-àireamhan sin faodaidh sinn a ràdh mar a thubhairt fear eile mu dhaimh Fhir Dhùn-tuilm, " bruidhnidh iad air an son fhéin." Dh'fhaodadh, maith dh'fhaoidte, eisimpleir a' Chomuinn so a leantainn ann an dòighean eile.

### Cor nan iasgairean

Tha sinn ag cluinnntinn gu leoир mu'n iasgach air an Taobh Siar, mar a tha e air a mhilleadh agus air a sgrios le innleachdan agus le iasgach mi-laghail nan iasgairean coimheach a tha tighinn as gach àird gu spùilleadh nan iasg beaga agus móra, agus a tha toirt am beòshlainte á beul muinnitir Leódhais agus Bharraidh, an Eilean Sgitheanaich agus nan Eilean air fad. Tha an obair sin 'n a nàire agus 'n a masladh do'n dùthaich mhór chumhachdaich so, agus bu chòir stad a chur oirre gun dàil. Ri linn a' Chogaidh Mhór bha moladh gu leoир air iasgairean nan Eilean : có a bh'ann ach iad ! Daoine treuna, tapaidh, seòlta ! An diugh is gann gu bheil guth orra no suim dhiubh,

Tha sinn uile, ar leam, buidheach de'n Chomunn a chaidh a chur air bonn gu bhith a' tagairt cùis nan Eileanach, agus tha sinn ag guidhe gun soirbhich leo.

### Na tuathanaich

Ma's olc cor an iasgair, chan fheàrr cor an tuathanaich, biodh an tuathanas beag no biodh e mór. Chan urrainn do'n tuathanach coirce a chur agus a bhuain agus a reic air trì tasdainn deug gach cairteal. Cha mhotha 'as urrainn dhà buntàta a chur agus a ghlanadh agus a thogail air dà nota, no na's lugha, gach tunna. Mun d'thàinig na carbadan ola bha iarrtas air feur agus air coiree gu biadh do na h-eich : cha chuir na carbadan feum air feur no air coiree : chan 'eil iarrtas orra mar a b'abhaist. Tha pris a' chruidh agus nan caorach agus nan uan uan dol an lughaid. Tha tuarasdal an treabh-aiche agus nan gilleann air fàs na's motha na bha e riamh roimhe. Chan iongnadh ged a chluinnear sgrean nan tuathanach : is e an t-iongnadh mar a tha iad a' tighinn beò idir, iad fhéin agus an teaghlaichean. Bha mi fhéin edlach air tuathanas bho m'òige : " dhèanainn cur is dhèanainn buain, dhèanainn treabhadh ri là fuar " ; agus mar sin is mór mo chomh-fhaireachdaim ris na tuathanach aig an ám so. Tha caraid dhomh 'na thuathanach an Sioramachd Pheairt, duine cho edlach teòma sgarite 's a tha r'a fhaotainn. B'abhaist dha treabh-aiche is gille bhith aige air muinntearas ; chan 'eil aige a nis ach an aon ghille òg. Ni e éirigh gach maduinn mu chóig uairean, agus chan 'eil a obair eriochainte gus am bleoghaire e an crodh mu h-ochedh uairean a dh'oidhche. Is beag tha dh'fhiös aig muinntir nam bailtean móra air a leithid sin de obair-latha. Chan 'eil dith comhairle bho mhuinntir nach do chuir crann riamh an talamh is do nach aithne caora seach reithe. Is mór a b'fheàrrde cuid de'n mhuinntir sin a bhith mìos no ràith le mo charaid no le tuathanach teòma eile. Air mo shon fhéin dheth, cha ghabhainn orm comhairle a thoirt mu'n chùis idir. Is e a theirinn gum bu chòir éisdeachd gu maith ri guth nan tuathanach, agus an cobhair air gach doigh as urrainn dhuinn, oir ma théid as do'n tuath air chor nach urrainn dhoibh am beòshlainte a thoirt as an talamh, chan fhada gus an téid as do na baitibh móra.

### Nàimhdean an tuathanaich

Tha nì no dhà a tha ag cur an aghaidh tuath na Gàidhealtachd gu h-áraidh, a bhàrr air na tha ag cur air tuath Albann gu h-iomlan. Anns a' cheud àite, tha móran diùbh astar fada air falbh bho'n bhaile-mhargaidh agus bho'n rathad-iaruinn. An Siòramachd Pheairt tha ceann shuas Ghleann Liobhunn mu dhà fhichead mile bho Obar-Pheallaidh. Tha astar mór eadar

ceann shuas Shrath Eireann an Siòramachd Inbhir-Nis agus an rathad-iaruinn aig Tomaitiunn. Tha fìor-bhràighe Shrath Chonuinn an Ros còrr is deich mile air fhichead bho Inbhir-pheofharain. Agus mar sin do iomadh srath is gleann feadh na Gàidhealtachd bho Chataibh mu thuath gu Peart mu dheas. Is mór an t-anacothrom sin do'n tuath, na tha fhastast a làthair dhiubh. Nam biodh gach nì mar bu chòir, dh'fhaoidte doighean iomchàir a chur air bonn a ghiùlan toradh na tire an asgaidh do'n rathad-iaruinn.

Rud eile, na coineanan no na rabaidean, a tha air fàs gu bhith 'n am plàigh an iomadh àite, ag ithe suas nan snèap no nan "turnaip," agus gach nì eile as urrainn dhoibh ithe. Is aithne dhomh oighreachd an Ros far nach b'urrainn an tuathanach arbhar no snèap a thoirt gu ire leis na dh'itheadh agus na sgriosadh na coineanan. Tha an oighreachd sin a nis fo uachdaran eile, agus tha gach nì gu maith : shiubhail na coineanan ; chaidh cur as doibh. An iomadh àite tha na féidh a' tighinn a nuas air an tuathanach anns a' gheamhradh agus as t-earrach agus a' toirt an cuid fhéin as. Sin agaibh dà mhallachd a thàinig an lorg an t-sealgair.

### Frithean nam fiadh

Tha móran na's motha na bu chòir de'n Taobh Tuath fo na féidh. Their cuid le snodha gàire, ciamar dh'fhaodas daoine tighinn beò ann an àitean cho àrd, creagach, iomallach, ri srathan is ri gleannan na Gàidhealtachd ? Tha glinn agus glinn ann, agus tha srathan agus srathan ann. An siòramachdan Rois agus Chataibh is gann gum faighean srath no gleann a tha móran na's motha na ceithir cheud troigh os cionn na mara, no eadar sin agus còig ceud troigh. Tha na glinn is na srathan sin bòidheach feurach ; tha cuid diùbh a tha an teis-meadhoin na frìthe, agus am mìos meadhonach an fhoghair ghabhadh am feur a ghearradh le speal no le inneal-gearraidh eile. Rach thusa agus gabh-cuairt mu bhràighe Shrath Chonuinn no mu bhràighe Shrath Charrann an sgire Chinn Chàrdain, far an robh sluagh mór a' fuireach roimhe, agus chì thu le do shùilean mar a tha a' chùis.

B'aithe dhomh daoine a rugadh an Gleann Cailbhidh, aig bràighe Shrath Charrann, far nach 'eil duine an diugh ag gabhail còmhnuidh, daoine gasda, eireachdail, tapaidh. Bha fear an Gleann Cailbhidh d'am b'ainm Alasdair Caimbeul, no Ailidh Iomhaireach mar a theirte ris ; chaochail e anns a' bhlàdhna 1816, aig aois seachd bliadhna deug air a' cheud. Bliadhna no dhà mun do chaochail e chaidh e do'n sgoil anns a' gheleann, ach dh'fhàillich a fhradharc air. Air a' bhlàdhna cheudna choisich e dà mhile dheug slos gu Féill Chinn Chàrdain—

an Fhéill Eiteachain—agus an sin rinn e làruidhle damnsaidh. Chithear eachdraidh an laoch so air a cur sios am paipear-naidheachd Inbhir-Nis (Inverness Courier)—“The Northern Highlands in the Nineteenth Century”; James Barron; Vol. I. Tha sliochd Ailidh Iomhairich ann fhathast, agus iad cho cruadalach, cha mhór, ris fhéin; ‘se na h-Iomhairich theirear riutha.

### Srath is monadh

Ach tha aon nì ann as còir a chumail air chumhne. Ma chuirear duine sios air criomaig fhearainn air ionicl an t-sratha no air ionicl a' ghlinne, agus gun chomas a' mbonaigh aige, chan 'eil an sin ach a' bhochdann. Air an làimh eile, ma bhios comas a' mbonaigh aige suas gu faire, chan 'eil móran eaigail nach soir-bhich leis agus nach dèan e an gnothuch gu math. Bidh crodh is caoraich aige nach biodh aige nam biodh e air a' chriomaig fhearainn àitichte a mhàin. A rithist bhiodh an tuath móran na b'fhearr dheth nam biodh ionicltradh coitchionn aca, agus ciobair chaorach aca dhòibh fhein. B'aithne dbomh srath an siorr-amachd Rois anns an robh seachdnar no ochdnar de thuathanach bheaga. Bha ionicl an t-sratha air àiteachadh, paidhir each aig gach fear, na caoraich air a' mbonadh agus ciobair ag coimhead orra, agus an crodh air an ionicl no air bun a' mbonaigh. Bha fear dhùibh air an ceann ris an earbte reic is ceannach, an déidh dhoibh comhairle a chur ri chéile. Mur robh an tuath sin beairteach, is fada a ghabh iad bho bhith bochd; b'e an sealladh taitneach bhith 'gam faicinn air Di-dòmhnaich a' dol 'n an carbadan aon eich seachd mìle gu eaglais Roseuibhnidh. Chaill iad am monadh; thàinig a' bhochdann, agus b'éiginn doibh an t-àite fhagail. Tha sluagh air an t-srath 'n an àite, ach tha iad sin 'n an coigrich dhomhsa.

### An Srath Nabhair

Chuala mi gur ann air an aon rian chaidh sluagh a shuidheachaigh as ùr an Srath Nabhair an taobh tuath Chataibh, agus am fios mu dheireadh fhuair mi orra bha iad a' soirbheachadh gu maith. Chan 'eil mise 'nam fhàidh, agus cha b'fhàidh m'athair ach gobhainn, ach a dh'aindeoin sin agus 'na dhéidh uile, ghabhainn orm a ràdh gum faodadh earrann mhaith de'n Ghàidhealtachd a bhith air a h-àiteachadh as ùr air an dòigh a dh'ainmch mi. Nach b'fheàrr an oidheirp a thoirt sluagh a shuidheachadh mar sin, na am mealladh thar muir gu crionchan aineoil, far nach 'eil iarrайдh orra, agus as an éiginn doibh tilleadh air an ais, mar a tha fhiot againgun do thill móran cheana?

Ach rinn mi diochuimhne. Nan rachadh a leithid sin de obair air adhart, tuath a chur air na srathan is air na glinn, agus crodh is caoraich

a chur air a' mbonadh, ciod a thachradh do shealgair an fhéidh? A dh'innseadh na firinne, tha mi ceart coma ciamar a thachras dha. Is fheàrr gu mór daoine na féidh, agus ma théid na cisean an lughaid mar a théid màl nam frith an lughaid, nach 'eil gu leoir de airgiot anns an dùthach bheairtich so gus an easbhuidh sin a leasachadh? Ach an déidh a h-uile car, ar leam nach biodh an easbhuidh cho mór agus a shaoleadh neach; bhiodh gu leoir air fhàgail de choireachan agus de àitean fiadhaich àrda far am faigheadh an sealgair a mhiann, mar a rinn e ri lim Dhonnchaidh Bhàin.

### Na sgoilean beaga

Cha bu mhaith leam sgìos a chur oirbh, agus cha chan mi móran tuillidh, ach tha aon nì bu mhaith leam a thoirt fo bhuir n-aire, agus is e sin am fasan ùr thatar ag cleachdadh feadh na dùthcha, agus gu h-àraidh feadh na Gàidhealtachd, ag comh-chruinneachadh na cloinne bho aois dà bhliadhna dheug, no mar sin, bho an dachaidhean gus an an aon sgoil ann am baile air choireigin, gu bhith air an ionnsachadh anns a' bhaile. B'abhaist do na sgoilean beaga deagh ionnsachadh a thoirt do'n chloinn gun ghuasad bho an dachaidh. Bhiodh a' chlann a' facium na bha dol air adhart aig a' bhaile agus air an fhearan, agus mar sin bha iad ag ionnsachadh nithean nach 'eil air an teagastg ann an sgoil air bith. Bho chionn àireamh bhliadhnaichean rinn Fear-rannsachaidh nan sgoil anns an Taobh Tuath iomradh air an deagh obair a bha na sgoilean beaga a' dèanamh, agus a bhàrr air gach nì eile a sgriobh e thubhairt e so: gum b'ann an sgoil bhig an Gàidhealtachd Rois a thachair e air an sgoileir Greugais a b'fheàrr a' choinnich e riamh ann an sgoil.

Bha uайл aig muinntir an àite as an sgoil. A nis chan fhiach an sgoil bheag. Tha intinnsean na cloinne air an togail bho'n àite anns an d'rugadh iad: chan fhiù ach an aghaidh a chur air a' bhaile mhór, agus mar sin tha an t-àite a rithist air a bhochdachadh. Leis gach eòlas a tha na maighistirean sgoile is na bainmhaighis-tiréan sgoile a' faotainn an diugh, is cinnteach gu bheil iad comasach air teagastg a thoirt do chloinn a tha seachad air dà bhliadhna dheug a dh'aois. Chuala mi gu bheil iad air ti clann an Eilein Sgitheanaich a thoirt a steach, a h-uile balach is nighean dùibh, gu bhith air an teagastg am Port-righeadh. Tha mi an dòchas nach 'eil an naidheachd so fior; ach nan tachradh a leithid, an saoil sibhse gum biodh e chum maith na cloinne, no idir chum maith an Eilein?

### Dith a' phòsaidh

Tha aon fhacal fhathast agam ri ràdh, agus an sin ni mi sgur. Rinn mi beagan iomraigd air mar a tha sluagh na Gàidhealtachd a' dol

an lughaid, agus dh'ainmich mi cui'd de na h-aobharan as coireach ri sin. Tha aon aobhar gu h-àraidh nach d'ainmich mi, agus is e sin mar a tha am pòsadh a' dol á cleachadh. Cha mhór ceàrn de'n Ghàidhealtachd anns nach faicear so. Thig am bàs air an athair no air a' mhàthair, agus fanaidh mac, no mar is trice, mac is nighean, a chumail nithean air dòigh aig a' bhaile; théid an aimsir seachad mar sin, agus is e as deireadh do'n chùis gun leig iad am pòsadh seachad orra.

Tha aon cheàrn beag anns an sgìre agam fhéin, agus ri mo chiuimhne bha corr is dà fhichead a' fuireach ann; air an là an diugh chan 'eil ann ach aon bhoirinnach agus eù. Is e bu choireach, dith a' phòsайдh. Cha b'abhaist a leithid sin a thachairt ri linn ar n-aithriclean; tha e air fàs ro-chumanta bho chionn lethcheud bliadhna.

Chunnaic mi ionradh air baile tuath air taobh siar Rois anns nach do thachair pòsadh fad deich bliadhna air fhichead. Tha e anabarrach duilich r'a thuiginn ciod e as aobhar dha so. Chan 'eil mise ag ràdh nach 'eil cui'd mhaith dheth r'a chur as leth na bochdaimne; ach chan e sin uile a tha 'g a aobharachadh. Tha an dearbh nì a' tachairt tric gu leoir an teaghlaichean aig a bheil airgiot is spréidh is gach goireas eile. Fàgaidh mi a' cheist so agaibh ri fuasgladh, leis a' bheannachd :

Slàn do d'mhnaoi ghil, slàn do d'mhacaibh,  
Slàn do d'teach o'm binne ceòl;  
Slàn do d'thrachtaibh geala gainmhich,  
Slàn do d'bheanntaibh o'm bi ceò.

*(Bha an seanchas so air a dheanamh ri Comunn Gàidhlig Għlaschu, is tha e a nis air a chur air na duilleagan so le cead a' Chomuinn sin agus cead an Ard-Ollaimh a rinn e.)*

## Aig an Uinneig

### An cogadh

**F**AOADAIDH sinn a ràdh mar thubhairt Iob, "An ni roimh an robh eagal mó'r orm, thachair e dhomh; agus an ni roimh an robh mi fo uamhann, thàinig e orm."

Bho chionn bliadhna agus an corr bha eagal air an dùthaich uile gu'm faodadh so tighinn, ach fad na h-ùine bha dòchas beag againn nach tigeadh e. Bha an dòchas sin air a stéidh-eachadh air dà ni, (1) air faidhidh agus reusontachd Mgħr Chamberlain agus luchd-comhairle eile an Righ, agus (2) air dòchas nach cuireadh Hitler an cummart a' bhuanmachd mhór a thug e do'n Ghearmailt cheana air son buannachd bheag eile as nach b' urrainn dha a bhi cinnteach.

Ach mur bheil thu a' deanamh gnothuich ri duine reusonta ciod is urrainn dhuit a dheanamh?

Thug Hitler dhuinne agus do'n Fraing ar roghainn, "An dara cui'd thoiribh mo thoil fhéin dhomh, air neo gabhaidh mi i a dh' ain-deòin 'ur eridhe."

Cha bhiodh e ceart dhuinn a shaolsinn gu bheil Hitler gun tür, ciod air bith eile a tha 'g a dhìth, ach cha deachaidh duine no daoine anns a bheil tür a chogadh riamh mur biodh dùil aca' gurr ann aca a bhiadh a' bhuaidh.

Bu chòir dhuinne, ma ta, aig toiseach gnothuich, sin a chumail 'n ar n-aire, gu bheil an nàmhaid làdir agus dòrrasach, agus an dùil gu'm faigh iad a' bhuaidh. Tha e feumail so a ràdh a chionn gu bheil móran dhaoine a' bruidhinn mar nach robh na Gearmailtach ag iarraidh a' chogaidh, agus gu'm fàs iad sgith dheth gu goirid, agus nach 'eil againn ach gu-leòr de duilleagan a chur thuca le sothichean-

adhair agus gu'm faic iad gu bheil Hitler 'g am mealladh, agus gu'n cuir iad as dha. Göràiche agus faoineas cho mó'r is a bha riamh ann! Chan 'eil teagamh nach 'eil ionadh duine anns a' Ghearmailt nach 'eil a' creidsinn ann an teagasc Hitler agus leis nach toil e, direach mar tha ionadh duine anns an rioghachd so nach 'eil a' creidsinn ann am beachdan Mhgher Chamberlain, ach air a shon sin tha a' Ghearmailt gu h-aonsgeulach ri taobh agus air cùl Hitler anns a' chùis so, agus na's nàimhdeile do Bhreatunn na bha i ann an 1914. An rud a tha dhìth air Hitler, sin an rud a tha dhìth air a h-uile mac màthan anns a' Ghearmailt, aich-eamailt a thoirt a mach air son a' chogaidh a chaill iad, cùmhant-sithe Versailles a shracadh 'n a chriomagan agus a chur fo'n casan le tamait fhollaisich, agus srònán na feadhnaich a rinn an cùmhant a shuathadh ris an talamh am fianuis an t-saoghail. Sin a tha dhìth air Hitler agus air a' Ghearmailt, agus is e sin fior aobhar a' chogaidh agus chan e na h-aobharan eile agus na lethsgulan a tha iad a' toirt seachad.

### Duine sitheil?

Ma chreidear e fhéin chan 'eil duine eile anns an Roinn-Eòrpa cho sitheil ri Hitler, no duine as fheàrr a sheasas ri fhacal. Mu Bhealtainn ann an 1935 thubhairt e ann an òraid mhór a liubhair e, "Rinn a' Ghearmailt cùmhant ri Poland nach téid iad a chogadh ri chéile, is cumaidh sinne an cùmhant sin, oir chan 'eil dad a dhìth oirnn ach sith agus deagh choimh-earsnachd."

Anns a' Mhàrt an 1936 thubhairt e ann an òraid eile, "Cò air bith a bhriseas sìth na h-Eòrpa cha bhris a' Ghearmailt i; an diugh tha

an strì a rinn mi o chionn thrì bliadhna air son ceartas fhaotainn do'n Ghearmailt criochmaichte, is chan 'eil an corr fearainn a dhith oirnn."

Ann an September 1938, an déidh na coinnimh a bha aige fhéin agus aig Chamberlain agus Mussolini ann am Munich thubhairt e, "Tha mi an comain Mghr Chamberlain air son na h-oidhrip a rinn e, is faodaidh mi a ràdh ris nach 'eil rud eile anns an t-sealladh aig a' Ghearmailt ach sith a mhàin. Thug mi m' fhacal dha cuideachd, is tha mi a nis 'ga ràdh a rìs, aon uair 's gu'm bi a' cheist so mu Czechoslovakia as an rathad agus air a socruchadh, nach eil tuilleadh fearainn a dhith oirnn anns an Roinn-Eòrpa."

Aig a bhiadhnuair am bliadhna thubhairt e, "Is e iadsan a mhàin a tha a' fùdarachadh Bhreatuinn gu cogadh a tha an dùil gu'm bi cogadh ann; tha mise an dùil gu'm bi sith againn ùine mhór."

Ciod a their thu ri duine mar sin; duine a tha feuchainp ri thoirt air an t-saoghal a chreid-sinn nach bu bheò a bèò do'n Ghearmailt ri taobh Pholand, agus leasg 's gu'n robh e leatha dol a chogadh, gu'm b' fhendar dhi i fhéin a dhion? Ann am beagan iùine, an uair a chuireas e a chas air amhaich Pholand, cluimnidh tu e ag ràdh gu'n d' fhuair e a nis na bha dhith air, ach gu bheil a' Ghearmailt cho uasal 's nach 'eil a dhith oirre ach pàirt de Pholand, agus nach e coire na Gearmailte a bhios ann mur deanar sith ach coire Bhreatuinn a tha a' deanamh aimhreit anns an t-saoghal gun sgur.

O chionn bliadhna no dhà bha móran dhaoine anns an dùthach so an dùil gu robh Chamberlain car bog a sheasamh an aghaidh Hitler, ach a mis tha Hitler ag ràdh ris an t-saoghal gu bheil Chamberlain 'n a dhuine cho fuiteach agus cho suarrach mu bheatha dhaoine 's nach b' urrainn dhasan sith na h-Eòrpa a chumail, ged b' e sin an dùrachd a bu mhò a bha 'n a chridhe. Duine air bith a dh' iarras ort sin a chreidsinn tha e ag iarraidh ort seasamh air do cheann.

### Mesopotàmia an dòigh eile

Mur biodh e air innseadh anns a' phaipearnaidheachd gur e am Morair Sankey a liubhair an òraid so ann an Tigh nam Morairean an là

a bha iad a' bruidhinn mu'n chunnart anns an robh Poland theirinn gu robh mi a' cluinninn guth mo sheana charaid, an t-Urramach Boanerges Pom-Pom, D.D., agus e a' bruidhinn ri mnathan Chill-mo-Cheallaig.

"Is e a tha dhith air an t-saoghal," ars' esan, "gu'm biodh ceistean de 'n t-seòrsa so air an socruchadh ann an sith agus chan ann le neart airm, agus is e a' cheud cheum thuige sin, gu'n coinnicheadh na riòghachdan móra ri chéile, chan ann a thoirt breith air a' ghnothach, an toiseach co dhiu, ach a dh' fhaotainn a math na firinn mu gach cùis a tha a' tighinn eadar. Na'n robh so air a dheanamh, tha deagam chan ann a mhàin 'n ar rioghachdan eile ann an rioghachdan eile 's gu bheil mi cint ach gu'n tugadh iad breith chothromach, na'n robh an fhàrrinn uile air am beulaibh. Gun cheartas cha bhi sith mhaireannach againn gu bràth. An uair a tha an fhàrrinn uile air ar beulaibh, ma ta, cuireamaid rud air bith a tha a' tighinn eadar rioghachdan mu choinneamh luchd-meas, a ni deasbuid gu sitheil mu nithean a tha ceàrr agus a dh' fheuchas r' an cur ceart, an àite dol a chogadh, rud a tha uamhasach agus neachnteach agus nach socruih dad."

Ann an aon seagh tha so uile flor, is cha facal ceàrr aig an duine, ach chan 'eil rud air an t-saoghal cho sgitheil no cho baothail rifirinnnean aig nach 'eil buintealas ri saoghal nam beò.

Car son a dh' éireadh duine 'n a sheasamh am measg dhaoine aig a bheil inntinnean geura, agus a chuireadh e seachad ùine ag innseadh dhaibh gur fheàrr sith na cogadh, agus nach bi sith mhaireannach ann gun cheartas, mar nach do smuainich duine eile air na nithean sin riamh roimh? Aontaichidh a h-uile rioghachd air an t-saoghal ris an fhacal, nach bi sith eatorra gun cheartas, ach ciod e ceartas? An uair a thogar a' cheist sin tòisichidh an tuasaid.

Ged chuir am Morair Sankey seachad a bheatha mar bhreitheamh cha dubhaint e aon fhacal anns an deasbuid ud a chuidicheadh leat a thuiginn co dhiubh a bha ceart anns a' chùis air an do bhruidhinn e, Chamberlain no Hitler, Breatunn no a' Ghearmailt. Sin an rud ris an abrainn-sa baothalachd, gliongarsaich bhritharan air a bheil aogasg na firinn agus aig a bheil fuaim chràbhach, ach aig nach buintealas idir ri saoghal nam beò.

## An teampull

LE DÒMHNUILL MAC EACHARN, NACH MAIREANN

CREID mi, cha tig stoirm no gaillonn  
As an adhar, deas no tuath,  
Mar a dh' éireas anns an anam,  
'Nuaire a shéideas carraig chruaidh.  
  
Annad féin tha 'n ceòl a għluais thu,  
Air a luasgadh leis an teud;

Gleus gu tuireadh, 's gleus gu luathghair,  
Fuaighe riut 's gach àit' an téid.

'S dhomhaireachd nach beag an duine,  
Dia a' tuineachadh 'n a chom;  
Teampull faoin 's e air dhroch uidheam  
'S gun an tugha air ach lom.



## Aithreachas-Crìche

"*Iosa, cuimhnich ormsa an uair a thig thu ann ad rioghachd. Agus thubhaint esan ris, Gu deimhin tha mi ag ràdh riut, An diugh bithidh tu maille riumsa ann am Pàras.*"—LUCAS xxiii. 42-43.

THA rud no dhà anns an naidheachd so nach toigh le cuiid de dhaoine, gu sònraichte na daoine aig a bheil an intinn laghail agus an innse nàdurra. Bhiodh am barrachd meas aca as Chriosd na'n do fhreagair e an smòr a fhreagair e Herod agus Pilat; na'n d'hàin e sàmhach. Chan 'eil na daoine sin a' creidsinn ann an aithreachas-crìche, no ann an iompachadh obann; ma tha a leithid de ni agus iompachadh a' tachairt, their iad nach 'eil e a' tachairt ach ann am fior dhroch dhaoine, no ann an daoine anns nach 'eil taic nò seasmhachd gu nàdurra, a tha daonnan fo bhuaidh am faireachduinnean a chionn gu bheil inntinnean aotrom aca a tha luasanach agus air bhogadan; ann an aon fhacal their iad nach 'eil anns na daoine a bhios ag ràdh gu robh iad air an iùachadh ach daoine nach 'eil coltach ri daoine eile.

Ash tha ni-eigin anns an t-soisgeul a bhios 'na chnap-starra agus 'na iongnadh do'n innse laghail agus do'n inntinn nàdurra gu bràth, oir ciod a tha anns an t-soisgeul aca saor-ghràs Dhe, saor-ghràs an Ti bheannaichte a tha a smuaintean agus a dhòighean agus a rùintean na's àirde na smuaintean agus dòighean agus rùintean na h-inntinn laghail. Mur bheil daoine iompaichte coltach ri daoine eile chà mhò a tha gràs Dhe coltach ri rud eile air thalamh.

## Dòchas a' pheacaich

Tha an naidheachd so a' teagast nach 'eil am peacach 'as miosa air thalamh air fhàgail gun dòchas; gu'n ruig tròcair an Tighearna eadhon airson. Ma tha neach ann a dh' fhaodadh tu a ràdh uime nach 'eil duine eile air thalamh cho aingidh ris tha an soisgeul a' toirt dòchais eadhon dhàsan, is tha gras Dhe comasach air a theàrnadh.

Theagaisg Iosa so aig amannan eile agus ann an dòighean eile; theagaisg e e ann an cuiid de na cosmhàlachdan a labhair e, ach air a' chranncheusaidd, an uair a thubhaint e ris a' għaduiche "An diugh bithidh tu maille riumsa ann am Pàras," theagaisg e e ann an dòigh cho drùidh-teach 's nach urrainn an saoghal gun aire agus géill a thoirt da.

Thug Tighearn an fhion-lios páidheadh-latha do'n fheadhainn nach do thòisich gu ammoch 's in fheasgar. Tha e ceadaichte do Dhia an ni as àill leis a dheanamh; tha gràs a' dol os cionn ceartais, is tha Dia a' toirt do pheacaich nithean

as fheàrr na thoill iad; nithean ris nach 'eil dùil aca, nithean a dh' fhàgas balbh iad le moit is ionghnadh.

Chan 'eil agaínn anns na soisgeulan ach criomain bheaga de 'n naidheachd so, air chor agus nach 'eil fhios agaínn ciamar a thòisich spiorad an Tighearn air labhairt ri eridhe a' għaduiche, no ciod an ni sònraichte a chunnaic e aig a' chranncheusaidd a dh' fhosgail a shùilean. Ach co dhiu bha a shùilean air am fosgladh, is chunnaic e an dà chuid gu robh feum aige air tròcair, agus gu robh tròcair agus maitheas Dhé a' dealradh ann an aodann Iosa. "Iosa," ghuidh e, "cuimhnich ormsa an uair a thig thu ann ad rioghachd."

## Fosgladh nan sùl

Theagamh gur e ciùine agus faidhidinn Iosa, an uair a rinn droch dhaoine magadh agus eucoir air, a dh' fhosgail a shùilean; air neo an īurniagh a chual e Iosa ag ràdh gu beag ris féin, "Athair thoir maitheanas dhaibh, oir chan 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh." Leis na nithean sin labhair spiorad an Tighearna r'a choguis; "Tha sinne," ars' esan, "a' faotainn nan nithean a thoill ar gnolomharan: ach cha do rinn an duine so ni ceàrr."

Eadhon air a' chranncheusaidd cha b' ann air pian fheola féin a bha Iosa a' smuaineachadh ach air rùintean gràsmhor Athar a choimhionadh; bha am focal ceart deas aige do'n għaduiche. "Gu deimhin," tha mi ag ràdh riut, "An diugh bithidh tu maille riumsa ann am Pàras."

Mar thubhaint mi cheana tha móran dhaoine ann nach 'eil a' creidsinn ann an iompachadh no ann an aithreachas-crìche, agus tha daoine eile ann nach 'eil a' creidsinn gu'm bi neach air bith air a theàrnadh mur robh e air iompachadh gu h-obann. Tha iad le chéile ceàrr. Tha a' cheart uiread atharrachaidh ann am fiosrachadh dhaoine a thaobh na beatha spioradail 's a tha ann am fiosrachadh dhaoine a thaobh nithean eile. Cha do rinn Dia daoine coltach ri chéile, is cha fhreagair eridheachan dhaoine do rud air bith air an t-saoghal anns an aon dòigh.

## Farsuingeachd na h-eaglais

Chan e comunn cumhann ach comunn coit-chionn a tha ann an eaglais Dhé, is tha eaglais Dhé a' gabhal a steach gach neach air thalamh aig a bheil gràdh do Chriosd, ciod air bith an

dòigh anns an d' fhuair iad eòlas air. A thaobh am fiosrachaidh spioradail tha cuid de dhaoine coltach ri Samuel, a' fàs suas ann an eagal agus ann an seirbhis an Tighearn o làithean an leanabais, air chor agus nach urrainn iad a ràdh c'uin a choisrig iad iad féin do Dhia an toiseach. Cha mhò is urrainn iad a ràdh gu robh iad riamh air an iompachadh anns an doigh a bhios iad a' cluinnint dhaoine eile a' bruidhinn uime. Tha mi an dùil gur e so am fiosrachadh spioradail as cumanta anns an eaglais a nis, agus tha e ri ràdh cuideachd gur e so am fiosrachadh as nàdurra agus as sàbhailte. Ach tha daoine eile coltach ri Iain Bunyan, no ri Iain Newton, daoine anns an robh dearbhachd peacaidh a' dol air aghaidh fad uine fo bhuaidh agus fo chumhachd an Spioraid Naoimh, agus a bha mu

dheireadh air an toirt a steach do'n t-solus mar a thiomndas a' chòmhla air a bannaibh.

Tha gràs Dhé cho foghainteach anns an dara dòigh 's a tha e anns an dòigh eile ; tha e cho foghainteach an uair a chumas e Samuel agus Timoteus ann an slighe na firinn agus an ionracais o'n òige 's a tha e an uair a thogas e casan an eucoraich as an lathair agus a shocruicheas e iad air carraig.

Tha aon de na sean-fhacail Ghàidlig ag ràdh nach 'eil ann an aithreachas-criche ach a bhi cur sil mu'n Fhéill-Màrtuinn. Ann an aon seagh tha sin fior, ach mur tig am fochann anns an t-saoghal so tha an t-siorruidheachd aig an t-siol gu fàs. Agus is fheàrr aithreachas-criche seach duine a bhàsachadh mar rinn an gaduiche eile, a' magadh air Criod.

## Cor na Gàidhlige

LE UILLEM I. MAC BHÀTAIR, M.A., LL.D., D.LITT. CELT.; HON. F.E.I.S.

IS mór an t-atharrachadh a thàinig air a' Ghàidhealtachd ri ar linn fhéin, agus chan ann air a' Ghàidhealtachd a mhàin, ach air gach dùthach eile feadh an t-saoghal gu léir. Choisich peathraichean mo sheanmhathan bho Ard-gaoithe, faisg air Drochaid a' Bhanna an Cataibh, "gu Loudi air chuairet" gus a' bhuain, agus thill iad air an cois, agus cha b'e an aon uair a rinn iad sin. B'aithne dhomh na boirionnaich, Seònaid is Maigridh Ros. Is ann leis a' chorran a bhiodh iad a' buain an arbhair.

Saoilibh fhéin nach mór an t-atharrachadh bho'n àm sin : innealan buana, an t-each iaruinn, carbadan-ola, agus chan e sin a mhàin ach na carbadan-itealaich, an luingeas a théid fo mhuiir, agus an nì as iongantaiche na iad sin uile, am fios-adhair, leis am faod duine an iomall Albann guth duine eile a chluinnint a tha labhairt miltean de mìltean air falbh : " Air feadh na talmhainn uile chaidh am fuaim a mach, agus am focail gu iomall an domhain."

Bha na tiodhlaisean móra iongantach sin folaithe bho'n aimsir chéin an diòlmhairreachd na cruitheachd gus an d'thàinig iad am follais ri ar là fhéin, agus nach maith thigeadh dhuinn a ràdh mar a thubhairt an salmadair, " Cia lionmhor t'oibre, a Thighearna. Ann an gliocas rinn thu iad gu léir ; tha an talamh làn le d'shaoibhreas." Agus mar is ann an gliocas a rinn-eadh iad, tha feum gliocais air gach duine agus air gach dùthach chum an cleachdadh gu glig agus chum an cur gu buil mhaith. " Is fheàrr an teine beag a gharas na an teine mór a loisgeas."

### Dualchas ar sinnsear

Chan urrainn nach tig caochladh, ach a dh'aindeoin gach caochladh a thig, tha aon ni againn gu h-àraidh bu chòir a ghléidheadh gu

ro-chùramach, agus is e sin dualchas agus spiorad ar sinnsear, oir ma chailleas sinn sin, sguiridh sinn a bhith 'nar Gàidheil agus chan abrar ach " bha Gàidheil aon uair ann." Tha an dualchas agus an spiorad a dh'ainmich mi air an taisgeadh ann an cainnt agus an litreachas nan Gàidheal. " Sluagh gun teangaidh, sluagh gun anam."

Their cuid gum faod duine a bhith 'na fhìor Ghàidheal ged nach 'eil e 'na chomas Gàidhlig a labhairt no a leughadh. Is e theirinn riutha sin : riamh chan fhacas Sasunnach gun a' Bheurla Shasunnach, no Frangach gun Fraingeis, no Greugach gun Ghreugais ; an uair a chaillear a' chànan, caillear an dùthchas. Chuala sibh na thubhairt a' chaileach : " An cnocan, an enocan, far an do chaill mi mo Ghàidhlig is far nach d'fhuair mi mo Bheurla." Sin agaibh cor a' Ghàidheil a chaili a' Ghàidhlig : chaill e dileab a shinnsear, agus nì 'na h-àite cha d'fhuair.

Chan 'eil nì as tlachdmhoire na còmhradh ris a' Ghàidheal 'na chainnt fhéin ; tha a inntinn éasgaidh, làn de gach seanchas agus gach stòras eile—beul-aithris nan sean, gnàth-fhocail agus sgeulachdan, puirt-a-beul agus òrain, briathran daingneachaidd agus briathran eascaine ; is aithne dha aimh gach àite anns a' cheàrn d'am buin e, chan ann mar a chaidh an truailleadh anns a' Bheurla Shasunnach ach mar a thugad iad seachad o shean. " Is aithne dhomhsa," ars' Pàrlan MacPhàrlain riùm fhéin agus sinn 'nar suidhe ri taobh Loch Bheannchair, " a h-uile clach is clais is cnocan eadar Calasraid is Inbhir-snàthaid" ; agus b'fhìor dha sin. Shiubhail Pàrlan, agus cha d'fhàg e a leithid 'na dhéidh ; ach tha bligh de a sheanchas sgriobhtha agamsa nach b'urrainn do dhuine beò fhaighinn an

diugh. Agus mar sin anns gach ceàrn far a bheil a' Ghàidhlig air a gléidheadh mar bu chòir. Cha ruigear a leas tuilleadh a ràdh.

### Luchd-bruidhinn na Gàidhlige

Seallamaid a nis air àireamh na muinntire a tha labhairt na Gàidhlige an diugh, no mar bu chòir dhomh a ràdh o chionn trì bhliadhna air ais, an coimeas ris na bha 'gab labhairt anns a' bhliadhna 1921 agus anns a' bhliadhna 1911.

1911 . . . .	202,398
1921 . . . .	158,779
1931 . . . .	136,135

Dh'fhaodamaid a thoirt fainear gur ann air a' bhliadhna 1881 a thogadh an ceud chumtais de shluagh na h-Alba aig an robh a' Ghàidhlig. B'e an àireamh aig an robh i an uair sin, uile gu léir, 231,594.

Chì sibh mar sin mar a tha ar cainnt a' dol an lughaid. Anns a' bhliadhna 1931 bha àireamh luchd-bruidhinn na Gàidhlige 22,644 na bu lughna na anns a' bhliadhna 1921, agus 66,263 na bu 'igha na bha iad anns a' bhliadhna 1911. Sgeul brònach, ach cha ghabh e àicheadh.

Rugadh mi fhéin an sgìre Chille Mhoire air Machair Rois, agus thogadh mi treis ann an Srath Chonuinn agus treis mhath eile anns na Bothachan an sgìre Alanais. Cha do labhair mo sheanmhathair facial Beurla fad a beatha, agus b'i a' Ghàidhlig cainnt mo sheanathar, an Gobhainn Ruadh. Labhradh m'athair agus mo mhàthair a' Ghàidhlig agus a' Bheurla, agus mar sin do'n chuid mhór de mo chomhaoisean fhéin. Ach an t-àl a thàinig 'nar déidh, is gann gu bheil facial Gàidhlig 'nan ceann, agus mar sin tha sinn, mo chomhaoisean agus mi fhéin, air an fheadhain mu dheireadh a bhruidhneas a' Ghàidhlig air Machair Rois.

### Gàidhlig anns na h-eaglaisean

An uair a bha mise 'nam dhuine òg, bhiodh na h-eaglaisean làn aig an t-searmoin Ghàidhlig; aig àm comanachaидh rachamaid gu sgìre Chraoich agus gus na sgìrean eile air là na Sàbaide a dh'éisdeachd ri searmoin Ghàidhlig. An diugh is gann gu bheil facial Gàidhlig air a shearmonachadh eadar Inbhir Pheofharain agus Baile Dhùbhthaich, mur a bì e aig còrr àm mar annas. Ri mo linn an Srath Chonuinn is iomadh uair a bha mi sgith ag éisdeachd ris na h-éildeirean còire ag cur dhiùbh anns a' Ghàidhlig, agus mi mu shia bliadhna dh'aois. Cha robh facial de'n Bheurla air a chleachdadheadar duine agus duine. Dh'ionnsuich na baintighearnan, peathraichean a' Mhorair Arthur J. Balfour, Gàidhlig bho bhràthair m'athar, a bha 'na mhaighistir-sgoile anns an t-Srath, los gum bruidhmeadh iad ris na cailleachan is na bodaich agus an tuath air fad. Air an là an diugh chan

'eil falal Gàidhlig air a shearmonachadh an Eaglais Shrath Chonuinn. Cha bu mhaithe leam coire fhaotainn do na ministeirean; ach theirinn leis gach urram nach bu mhisde iad tuilleadh aire a thoirt air a' Ghàidhlig; agus nan dèanadh iad sin gur mór a b'fheàrrde a' Ghàidhlig an saothair, agus gum biodh suil ri beannachd 'na lorg. Tha droch amharus agam gu bheil Eaglais na h-Alba, mar a tha i an diugh, coma de'n Ghàidhlig.

Chan ann mar sin do'n Eaglais Shaoir: lean ise ri càinain agus ri teagastg nan aithrichcean.

### Anns na sgoilean

Thug mi sgeul duibh o Mhachair Rois. An nì a thachair air Machair Rois, tha an dearbh nì a' tachairt, no thachair e cheana, air a' chuid mhóir de'n mhóirthir, o an Chaol Arcach gu Maol Chinn-tire. Tha gu leoir Gàidhlig fhathast anns na h-Eileanan: gu ma fada bhitheas.

A réir Achd na Parlamaide (1918) tha a' Ghàidhlig gu bhith air a teagastg anns na sgoilean feadh na Gàidhealtachd far a bheil a' chainnt air a labhairt gu cumanta. Chan ann gun spàirn chruaidh chaidh an earrann so a chur anns an Achd, ach cha ruig mi a leas leudachadh air a' chuspair sin aig an ám so. Tha i air a teagastg an tomhas beag no mór an Siòrramachd Rois is Chromba, an Siòrramachd Inbhir-Nis, agus an Siòrramachd Earra-Ghàidheal; tha Siòrramachd Chataibh air dheireadh, ach tha suil gum bi gnothuichean na's fhèarr a dh'aithghearr anns a' cheàrn sin. Bu mhór am beud nan leigte càinain Rob Dhuinn air dìochuimhne an Cataibh.

Cuiridh mi sios an so àireamh nan sgoilean anns a bheil a' Ghàidhlig air a teagastg ann an siòrramachdan Chataibh, Rois is Chromba, Inbhir-Nis, agus Earra-Ghàidheal, a réir Thir-mhóir agus Eileanan.

	Tir-mór	Na h-Eileanan	An t-Iomlan
Cataibh . . . .	14		14
Ros is Cromba . . . .	29	39 (Leódhas)	68
Inbhir-Nis . . . .	21	100	121
Earra-Ghàidheal . . . .	41	38	79
	—	—	—
	105	177	282
	—	—	—

Tha obair ro-mhaith ealanta a' dol air adhart bho bhliadhna gu bliadhna anns na Sgoilean-àrda. Faodar na bailtean ainmeachadh anns a bheil na sgoilean sin—Stòrnabhagh, Port-riegheadh, Inbhir Pheofharain, Ulabol, Inbhir-Nis, Gearasdan Loch Abar, Cinn a' Ghiùthsach, agus An t-Oban Latharnach.

Tha iad sin uile ri obair air son an Teisteanas air Fàgail Sgoile, Teisteanas nach 'eil air a thoirt gun deagh èolas air a' Ghàidhlig Albannach agus a thuilleadh air sin èolas air a' Ghàidhlig Eireannaich. Is ann as na sgoilean sin a gheibhearr a' chuid as mothà de fhirtheagastg na cainnte anns an ám a tha ri

teachd ; théid a mhórchuid dhiubh do na h-Oilthighnean an déidh dhoibh an sgoil fhàgail. A réir mar is fiosrach mise, tha mu thimchioll lethchead a' faighinn an Teisteanais anns a' Ghàidhlig gach bliadhna. Dh' fhaodainn tuilleadh a ràdh air an stéidh so, ach fòghnadh na thubhaint mi.

### Litrechas na Gàidhlige

Tionndamaid a nis ri litrechas na Gàidhlige mar a tha e air an là an diugh. Ann an linn a chaidh thairis cha robb dìth luchd-sgrìobhaidh roisg agus rann oirnn. Faodar cuid diubh ainmeachadh, mar a tha an t-Ollamh Dòmhnaill MacFhionghuin, Dòmhnaill MacEacharna, Niall MacLeod, Eanruig Mac Ille Bhàin no "Fionn," agus a bhràthair Iain, Calum MacPhàrlain, an t-Ollamh Urramach Calum MacGhillie-Fhinnein, na ban-bhàird Màiri Nic-a-Phearsain agus Màiri NicCeallair. Am measg nan sgoilearan a b'airde an clù bha an t-Ollamh Alasdair Mac-Bheathain, an t-Ollamh Urramach Alasdair Camshron, agus an t-Ollamh Urramach Seòras MacEanruig. Tha againn fhathast de na seann churайдhean Iain MacCormaie agus Iain MacPhàidein, dithis a rinn treubhantas 'n an latha. Tha againn a làthair cuideachd iomadh fear eòlach, ionnsuichte, ealanta, aig a bheil ceart agus blas na Gàidhlige agus as urrainn a sgrìobhadh gu tlachdmhor agus gu taitneach, ach cha ruigear a leas an ainmeachadh. Cha do theirig luchd-sgrìobhaidh na Gàidhlige agus cha do theirig na fir fhòghluimte ; agus tha an t-àl òg a' tighinn air adhart gu gasda ; cluinnear bhupa fhathast.

### Dileab phriseil

Ach mar nach 'eil maith gun mhilleadh, chan 'eil maith nach gabh a leasachadh, agus sin mar a tha e mu ar litrechas. Chan 'eil dileab as prisile againn bho ar sinnsearan na an litrechas a dh'fhàg iad 'n an déidh, gu h-àraidh a' bhàrdachd bho aimsir Sheumais Mhic Griogair, Deadhan Lios Mór, gus an là an diugh, no faisg air an là an diugh. Gheibhearr anns a' bhàrdachd sin fior smior spiorad nan Gàidheal gun truailleadh gun choimeasgadh. Gheibhearr innite

"An fhuil bha an cuisle ar sinnseidh,  
'S an innsgin a bha 'n an aigne."

Chan e sin a mhàin, ach a thuilleadh air sin tha an litrechas ro-fheumail a thaobh eachdraidh agus cleachdaidhean na Gàidhealtachd mus do thòisich na Goill air tolladh a steach.

O chionn seachduin no dhà bha gnè chonnspoid anns na paipearan-naidheachd mu dhath falt a' Phrionnsa Tearlach ; theireadh cuid gun robh e dubh, cuid gun robh e donn, cuid eile gun robh e bà, agus mar sin air adhart. Cha robh gin diùbh thug an aire gur e "Tearlach

Ruadh" theire ris leis na Gàidheil d'am b'fheàrr a b'aithne e—Alasdair mac Mhaighstir Alasdair agus Iain Ruadh Stiubhart.

### Leabhraichean air chall

Dh'fhaodainn gu leòir a ràdh mu'n phuinc so. Ach is e bu mhaith leam a thoirt fo bhur n-airé gu bheil a' mhór chuid de'n litrechas phriseil so, mar gum b'ann, air chall air an là an diugh : chan 'eil na leabhraichean r'am faighinn bho na leabhar-reiceadairean. C'aite am faigh thu Sgeulachdan Iain Oig Ille, no An Duanaire, no Sàr Obair nam Bàrd Gàidhealach, gun ghuth a thoirt air na bàird fa leth ? Chan fhaigh ach ann an corr leabhar-lann, maith dh'fhaoidte an Dun-éideann no an Glaschu no an Inbhir-Nis, no eadhon an America, far an deachaidh móran diubah.

A réir mo bharail-sa, agus a réir baraile iomadh fir eile, is mithich dhùinn teannadh ris an uireasbhuidh so a lionadh no a cheartachadh mar is fheàrr thê agaim air, agus uime sin thug mi an oidheirp, le cuideachadh mo charaid Fred. T. MacLeod, a' chuis a thoirt fa chomhair nan Comunn Gàidhealach o Inbhir-Nis gu Lunnainn, ag iarraidh an taice agus an cuid-eachaidh. Thàinig fios-freagairt cha mhór bho gach aon diùbh sin, ag cur an aonta ris na thubhaint sinn agus ag gealladh cobhair a thoirt.

Cha robh Comunn Gàidhealach Ghlaschu air dheireadh anns a' chuis ; tha mi buidheach dhùibh air an aobhar sin, agus de gach Comunn eile a thug misneach dhùinn. Tha sinn ag cur romhainn coinneamh a ghairm an tìne ghoirid gu sgeul a thoirt air mar chaidh leinn, agus gu beachd-smuaineachadh air an dòigh as fheàrr gu Comunn Litreachas Gàidhlige na h-Alba a chur air bonn, agus gu cuireadh a thoirt do gach fear is bean leis am bu mhaith bhith 'nam buill de'n Chomunn, agus deich tasdai is sia sgillinn a phàidheadh 's a' bhliadhna an éirig air gach leabhar faighinn gu saor mar a thig e o'n chlò.

Cha b'fhuilear mu cheithir cheud, no co dhùibh trì cheud gu leth, ball air a' cheud dol a mach. Ma gheibhear sud, bithidh an gnothuch ceart ; cha bhi dith fhear-deasachaidh oirnn, agus am bliadhna no dhà bithidh gach ni air rian gu leabhar a chur a mach gu h-òrdaidh gach bliadhna.

Mar a thubhaint mi cheana, chan ann roimh a mhìthich chaidh an oidheirp so a dhèanamh ; tha dùil againn gun tig i gu buil agus gun soirbhich i : bu mhór am beud agus am masladh mur tigeadh. Ach "chì sinn," mar a thubhaint an dall.

(*Bha an seanchas so air a dheanamh ri Comunn Gàidhlige Ghlaschu ann an 1934, is tha e a nis air a chur air na duilleagan so le ceud a' Chomuinn sin agus cead an Ard-Ollaimh a rinn e. Bithidh ar luchd-leughaidh toilichte a chluinntinn gu bheil an*

Comunn anns an do chuir an t-Ard-Ollamh agus Fred T. Mac Leòid ceann, Comunn Litreachas Gàidhlig na h-Alba, a nis air a chur air bonn, agus gu'n do chuir e a mach dà leabhar fhiachail cheana, a' cheud fhearr leis an Ard-Ollamh e féin,

agus an dara fear le sgoilear òg á Uidhist, Uilleam Mac Mhathain. Ma bu mhaith le neach air bith a bhi 'na bhall de'n Chomunn so chan 'eil aige ach sgrìobhadh gu Fred T. Mac Leòid, an Dun-éideann.)

## Anns a' Chathair

**A**NNS a' bhliadhna 1764 chuir Ard-Sheanadh na h-eaglais an t-Urramach Iain Walker, D.D., a bha 'n a Ard-Fhear-teagaisg an Oilthigh Dhùn-éideann, do'n Ghaidhealtachd a rann-sachadh mu chùisean na h-eaglais agus mu mheadhonan-gràis ains na h-Eileanan agus ann an sgìreiomallach, agus o'n a bha e a' dol ann co dhiu, dh' iarr bàillidhean a' Chruin air, a bha a' riaghlaigh nan oighreachdan a thugadh o na tighearnan a dh' éirich leis a' Phrionnsa, cunntas a thoirt dhaibhsan air cor na dùthcha, àireamh an t-sluaign, agus ciod a ghabhdh deanamh gus am beòshlaint a deunanamh na b' fheàrr.

Cha b' urrainn dhaibh duine eile a bu fhreagarracha air son a' ghnothuich fhaotainn na Iain Walker, oir chan e a mhàin gu robh eòlas farsuing aige ach bha tûr nàdura aige mar an ceudna, agus b' aithne dha a' Ghàidhealtachd gu maith. Chaithd e air a thurus sè uairean, is chuir e seachad a chuid a b' fheàrr de shè samhlraidhean a' siubhal air feadh na dùthcha agus a' ceasnachadh dhaoine mu dhòighean tuathanachd, mu iascach, agus mu nithean eile a bhuiineadh do bheatha an t-sluaign. Shiubhail e trì mile mile ann an seachd mìosan.

Rud glé iongantach, cha do ghearrain e air an t-sid ; is bha e an dùil gu robh muinnitir na dùthcha ro ullamh gu bhi a' deanamh olcas na side 'n a lethsgul air son na droch thuathanachd a bha iad a' deanamh. Ach chan' eil e furasda tuathanachd mhaith a dheanamh far a bheil an t-sid dona, is tha i dona anns na h-Eileanan leth na bliadhna co dhiu.

Cha robh na Gàidheil riambhaith air tuathanachd, agus is e an t-aobhar nach 'eil an talamh no an t-sid aca. Tha cluaintean de thalamh maith an sud agus an so anns a' Ghàidhealtachd, agus air uairean tha an t-sid maith cuideachd, ach ma ghabhas tu am fearann agus na bliadh-nachan thar a chéile cha toir treabhaiche anns a' Ghàidhealtachd a thuarasdal féin as an talamh. Ann an seann làithean dheanadh teaghlaichean obair gun tuarasdal, air son am beòshlaint ; ach cha dean iad sin an diugh, agus fhios aca gu bheil cuid d'an coimhearsnaich agus miltean air mhìltean anns na bailtean-móra a' faotainn airgid o'n Staid gun dad a dheanamh air a shon. Tha duineachan beag anns na Cowcaddens an Glaschu, gaotharan gun sgoinn, aig a bheil bean agus seisear

chloinne, a' faotainn á sporan na rioghachd dà phunnd 's a trì a h-uile seachduin, ged nach do rinn e aon char oibre o chionn naoi bliadhna. Cò an croitear ann an Uidhist a bheir sè fichead not 's a deich as a chroit a h-uile bliadhna air cho goirt agus 'g an oibrich e ? An uair a chluinneas e m'an fhearr eile a tha a' faotainn tuarasdal agus e diomhaineach, an ionghadh ged a theireadh e gu'm b' fheàrr dhàsan cuideachd dol air an déirc seach a bhi 'g a shàruchadh féin ag oibreachadh croite ?

Leis an tuathanachd a b' fheàrr agus an t-sid a b' fheàrr chan 'eil a' chuid mhór de fhearann na Gàidhealtachd freagarrach air son a' chroinn, is anns na làithean so cha b' fhiach do dhaoine a bhi 'g a thionndadh. Ged is mór Leòdhas agus an t-Eilean Sgitheanach ciod a tha anna ach fonn is fearann bochd ; garbhlich chreagach, is monaidhean àrda, is móinteach fhuar, ged tha cleòbagan beaga an sud agus an so ri taobh a' chladaich as fhiach an treabhadh ?

Tha doighean eile ann anns am faod fearann a bhi air a chur gu buil cheart gun e a bhi air a threabhadh, ach far an gabh e deanamh bu chòir gu'm biodh talamh maith air a chumail fo'n chrann daonnan. Tha miltean air mhìltean acair de'n fhearann as fheàrr anns an rioghachd, fada na's fheàrr na fearann na Gàidhealtachd, air a chur a mach fo fheur a chionn nach 'eil buannachd ann a threabhadh. Chan 'eil sin maith do'n rioghachd, is cha bhi cùisean ceart gus an gabh luchd-riaghlaidh na dùthcha barrachd suime do cheist an fhearainn na tha iad a' gabhail, agus an dean iad laghannan ùra a bheir misneach do'n tuathanach am fearann a chur fo'n chrann air ghaol buannachd dha féin. Air a' cheann mu dheireadh sin an t-aobhar a tha a' cumail uile dhaoine an t-saoghal ag obair, gu bheil e buannachdail dhaibh obair a dheanamh. Chan ann air ghaol na rioghachd, no air ghaol an coimhearsnach, a tha daoine a' saothrachadh, ach air ghaol na buannachd a gheibh iad as an saothair, agus a cheart cho luath 's a chì an tuathanach gu'm páidh e na's fheàrr dha an talamh a thionndadh na leigeil fo fheur, chì thusa gu'm bi na croinn air an cur air ghleus.

Anns na làithean ud bha còig deug is ceithir fichead de na h-Eileanan Siar air an robh daoine, ach cha robh uiread dhaoine orra 's a bha orra leth cheud bhiadhna 'n a dhéidh sud

'nuair a bha obair na ceilpe 'na seusdar. Bha ceithir fichead 's a dhà dheug ann an eilean Hiort, ceithir duine deug anns na h-eileanan Flannach, fichead ann an Innis Choinnich, agus sè deug air fhichead ann an Rònaidh, ach tha iad sin gun daoine an diugh. Ged nach robh an sluagh air an àireamh anns an linn ud le seirbhisich an Righ bha cunntas air a chumail orra le ceistearan agus ministearan le òrdugh na Cléire. So mar bha an sluagh anns na h-eileanan an 1764.

Ainm an eilein	Aireamh an t-sluaign	Ainm an eilein	Aireamh an t-sluaign
Bód . . . . .	4067	Gómetra . . . . .	50
Innis Marnoc . . . . .	20	An Calbh . . . . .	6
Cumradh Mór . . . . .	450	Colla . . . . .	1200
Cumradh Beag . . . . .	70	Tiriadh . . . . .	1681
Arain . . . . .	3403	Canaidh . . . . .	253
Sannda . . . . .	19	Rùm . . . . .	304
Giogha . . . . .	452	Eige . . . . .	457
Cara . . . . .	9	Eilean nam muc . . . . .	148
Ile . . . . .	7000	An t-eilean Sgitheanach . . . . .	14,724
Diùra . . . . .	630	Cròlann . . . . .	9
Scarpa . . . . .	60	Scalpaidh . . . . .	84
Lunga . . . . .	40	Ratharsaidh . . . . .	400
Sìuna . . . . .	31	Ròna . . . . .	36
Eilean an Righ . . . . .	18	Leòdhas . . . . .	7281
Plàddha . . . . .	14	Na h-Eileanan Tòrrasaidh . . . . .	22
Beul na h-uamha . . . . .	95	Seunta . . . . .	1672
Luing . . . . .	36	Na Hearadh . . . . .	50
Saoil . . . . .	667	An Scarp . . . . .	28
Eisdeal . . . . .	580	Tarasaidh . . . . .	1580
Garbh Eileach . . . . .	446	Uidhist a Tuath . . . . .	600
Fileacha Naomh . . . . .	11	Uidhist a Deas . . . . .	1097
Cearara . . . . .	8	Beinn na Faoghla . . . . .	104
Orasa . . . . .	150	Barraidh . . . . .	56
Collasa . . . . .	30	Bhatarsaidh . . . . .	8
Lios-mór . . . . .	760	Fudaigh . . . . .	5316
Bearnaraidh . . . . .	1125	Aoraisgeidh . . . . .	Haoisgeir . . . . .
Muile . . . . .	7	7	200
I Chaluim-cille . . . . .	5316	Borroraidh . . . . .	70
Ulba . . . . .	263		72

Eadar 1750 agus 1850 dh' fhàs an sluagh anns a' Ghàidhealtachd anabarrach liomhhor. Bha trì aobhair aig an fhàs sin, (1) cha robh iad an toirt air falbh leis a' bhric mar a b'abbhais a bhith, (2) bha obair paitl, gu sònraichte obair na ceilpe, agus (3) an uair a thòisich iad air buntàta a chur bha biadh paitl. A thuilleadh air sin bha iad a' pòsadh tràth : bha an dùthach agus na daoine fallan, is bha teaghlaichean móra aca. Annas na làithean ud bha a' cheathramh cuid de'n t-sluagh uile fo ochd bliadhna, aon as a cheathrar, ach an diugh chan 'eil aon as an dusan de àireamh an t-sluaign 'n an cloinn. Tha seann daoine liomhhor gu leòr fhathast ach tha a' chlann gann.

Annas na seann làithean b'e a' bhreac, no a' bhan-ghucach, cùis-eagail a bu mhò a bha aig muinntir na Gàidhealtachd. Tha an droch ghalair so daonnan na's gabhailte agus na's miosa a' cheud uair a thig e do'n tir. A' cheud uair a ràinig a' bhreac Hiort bha sè fichead duine anns an eilean, ach m' an d' fhàg i e cha robh beò ach còig teaghlaichean ; mu chòig

duine fichead uile gu léir. Thug buidheann shaighdearan a' bhreac do Bharraidh am bliadhna Chuil-fhodair ; thog i ceann a ris ann an 1758, is shiubhail trì fichead. Ann an Gleann-eilg an 1754 thug i air falbh seachd fichead duine. Shiubhail càrr is ceud leatha ann an eilean Bhód an 1768. Ann an 1756 ghabh còig fichead 's a còig i ann an Tiriodh, eadar clann agus daoine a thàinig gu aois, ach bha e air a ràdh nach tainig gin dhiubh bhuaith.

An uair a thòisich na dotairean air daoine a dhòn o'n bhric le bhi a' cur breac-a-chruidh air an gàirdean le snàthaidh fluair am galair uamhasach so a' bhuilla-bhàis. B'e lighiche d' am b' ainn Mac Asgaill a' cheud fhear a thòisich air a' bhric a chur anns an eilean Sgitheanach. Chuir e i air trì cheud duine ann an aon bhliadhna, is cha do shiubhail dhiubh ach triùir.

An uairean chì thu sanas anns na paipearan-naidheachd o dhaoine a tha ag iarraidh coin ri cheannach, agus glé thric tha e air a ràdh anns an t-sanas, gu'm feum an cù a bhi air galair-nan-con a ghabhail cheana. Annas na h-amanna ud, an uair a bhiodh maighstir ag iarraidh gille no searbhanta, dh' fhoighnicheadh e dhiubh an do ghabh iad a' bhreac.

Buidheachas, ma ta, do na lighichean, agus gu sònraichte do Eideard Ienner, a dh' fhògair as an dùthach an galair uamhasach so ; tha beannachd Dhe agus dhaoine aca air a shon. Ienner, Pasteur, agus Lister, sin agad triùir dhaoine a chuir comain as mò air an t-saoghal na ghabhas innseadh ; daoine a bu chòir a bhi air an ainmeachadh ann an ùrnuighean-bhuidheachais na h-eaglais, agus ann an leabhracheansgoile na cloinne mar dhaoine a fhuair gliocas agus eòlas o Dhia, agus a choisrig an t-eòlas agus an gliocas a fhuair iad do sheirbhis a' chinne-daonna.

Bha an cunntas a sgriobh Iain Walker air cor spioradail na Gàidhealtachd air a chur air beulaibh an t-Seanaidh ann an 1765, is dh' aithn an Seanaidh gu'm biodh e air a ghléidheadh gu cùramach ann am leabhrachean an t-Seanaidh. Bha an àithne cheudna air a toirt mu'n ath chunntas a chuir e air beulaibh an t-Seanaidh ann an 1772, is gabhaidh iad le chéile faotainn an diugh. Ach chaidh an cunntas a thug e do'n Chrùn air chall ann an Lunnainn, far an robh e air a chur la bàillidhean an righ, an déidh dha a bhi 'n an làmhán fén an toiseach.

An déidh a bhàis bha paipearan a dh' fhàg e eriochناichte ann an dasc air an cur a mach ann an leabhar, agus sin an leabhar ris an abhar a nis "Cunntas Iain Walker air tuathanachd na Gàidhealtachd." Chan 'eil teagamh nach e lethbhreac a thá an t-sluaign agus do'n Chrùn.

Chan 'eil daid a bhuineas do fhearrann agus do

oibreachadh fearainn nach 'eil e a' bruidhinn air, air b'e sud an linn anns an do dhùisg tigh-earnan agus tuathanach as an cadal, agus an do thòisich iad air innealan ùra agus dòighean ùra a chleachdadh ann an oibreachadh a' ghruinnd. Gun ionradh a dheanamh ach air aon rud, rinn an crann iaruinn barrachd atharrachaidh air tuathanachd na dùthcha ann am beagan bhliadhna chan na rinneadh ann an dà cheud bliadhna roimh sin. Ann an làithean a' chroinn-mhaide theagamh gu'm faceadh tu air achadh (gu sònraichte ma's e riars a bha iad a' treabhadh) ceithir eich ann an crann agus seisear dhaoine uime; fear eadar na spàgan, fear a' cumail a' choltair, fear agus caibe aige a thionndadh na sgrioba nach do leag an crann, fear a' stiùireadh nan each agus fear eile a' gabhail dhaibh le cuip no le stamh, is pioinaire a' falbh air thoiseach orra, a chur smuais anns a' chuideachd agus anns na h-eich.

Tha Iain Walker ag ràdh aon ni mu bhuntàta as nach 'eil mi cimteach gu bheil e ceart. Tha e ag ràdh nach 'eil am buntàta a tha air

a leasachadh le feamain cho tioram ris a' bhuntàta a tha air a leasachadh le innear. Bhiodh so furasda gu leòir fheuchainn agus a dhearbhadh, ach a réin m' fhiosrachaidd féin, chan ann ann an talamh dearg no air a leasachadh le innear a dh'fhàs am buntàta a bu tiorma agus a b' fheàrr blas a fhuair mi riamh, ach ann an talamh aotrum gainmhich air a leasachadh le feamainn.

Bha Iain Walker 'n a dhuine fòghluimte. Rinneadh Ard Fhear-teagaig dheth an 1779, an Oilthigh Dhùn-éideann, a theagasc mu oibricean agus mu chreutairean a' chruthachaidh. Bha e aig an àm 'n a mhiniestar ann am Moffat, is chùm e air anns an dà dhreuchd, ach bha a' Chléir de'n bheachd nach robh e laghail dha sin a dheanamh. Ràinig a' chùis an Seanadh, ach chaidh an Seanadh an aghaidh na Cléire. An ùine ghoirid fhuair e gairm do Cholinton, sgìr a bu dliuithe do Dhùn-éideann na Moffat.

Bha a 'n a Mhoderàtor air an Ard Sheanadh ann an 1790, is shiubhail e ann an 1803.

## Aig an Uinneig

### An fheadhainn nach maireann

**B**HA mi duilich fhaicinn air a' mhìos a chaidh seachad gu'n do shiubhail dithis mhiniestar an robh mi gu maith èolach, Calum Mac Fhionghuin, a bha am Breadhaig, an Arain, agus Iain Mac-an-Aba, a bha ann an Sgibinnis, an Ciun-tire. Cha do rinn gin de'n dithis ainm dha féin ann an obair na h-eaglais, is theagamh nach d' fheuch iad ris, oir b' aithne dhaibh le chéile an saoghal a ghabhail gu réidh, ach air a shon sin bha iad 'n an daoine laghach ionraic air an robh meas na bu mhò aig cuid d'am bràithrean na bha aca ma dh' fhaoidte air ministearan a b' fheàrr.

Cha robh Calum Mac Fhionghuin gu nàdurra cho geur ri Iain Mac-an-Aba, ach leis na buadhan a bha aige choimhlion e dreuchd na ministrealachd ann an sith agus am fàbhar a choimhearsnach anns na trì sgìrean anns an do shaothraich e; an Ceann Loch Speilbhaidh am Muile ; am Fàrr, an Cataibh ; am Breadhaig, an Arain. Ged bha e car tioram anns a' chùbaid bha e anabarach seanchasach ri taobh an teine ; socrach agus uasal 'n a nàdur, gun farmad aige ri duine beò. Bu bhràthair e do Sheumas Mac Fhionghuin, a bha fada 'n a mhiniestar an Cill Daltan, An Ile.

Thug Dia talantán do Iain Mac-an-Aba a dh' fhaodadh a chur 'na shuidhe am measg aithrachean na h-eaglais, ach cha d' thug e dha toil làdir, no sgoinn, no gliocas saoghalta, agus gun tomhas de na nithean sin chan 'eil móran

tairbhe anns na tàlantan as mothà. Ach theagamh gur e a bhi 'n a shuidhe am measg aithrachean na h-eaglais an rud mu dhereadh air an t-saoghal a dh' iarradh Iain Mac-an-Aba ; b' fheàrr leis fada cian a bhi còmhla ris na balaich bheaga, oir bha nàdur a' bhalaich ann is bha dòighean nam balach aige uile làithean a bheatha. Cha d' fhàs e suas riagh anns an t-saoghal eile bha e 'na aghaidh anns an t-saoghal so, agus a dh' aindcòin nam buadhan a bha aige chan urrainnear a radh gu'n do chuir e gu buil mhaith iad.

Dh' fhaodadh e a bhi 'na sgoilear maith, 'na shearmonaiche maith, 'na bhàrd maith, agus 'n a sgríobhaiche maith, ach cha b' urrainn dha inntinn a shocruchadh fada air rud air bith, is b' fheàrr leis a bhi a' deanamh obair dhaoine eile na bhi a' deanamh na h-oibre dhligheach a bhuiねadh dha féin. Na m' faigheadh e duine a dheanadh seanchas ris chuireadh e seachad an là a' bruidhinn agus ag innseadh naidheachd agus a' smogadh, is thigeadh an oidhche agus gun dad dèanta. Chan 'eil an seòrsa dhaoine so teare idir anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

Ach bha e 'n a dhuine laghach, iriosal ; gun ghò ann, no cron do dhuine eile ; coibhneil 'n a nàdur, agus cho iochdmhor ri truaghain 's gu'm b' fheàrr leis dol as an t-sealladh mur robh tasdan aige a bheireadh e dhaibh, mar is tric nach robh. Bha Iain Mac-an-Aba cho suarach

mu na tasdain 's a bha e mu'n uaireadair ; cha robh suim air bith aige do airgiot no do thim.

Ma tha iad ann, chan aithne dhòmhlsa duine eile ann an Albainn aig a bheil ealdhain as fheàrr na bha aig Iain Mac-an-Aba air bàrdachd Bheurla a thionndadh gu Gàidhlig. Ach cha robh e furasda obair fhaotainn as a làmhan.

Bha e bliadhnaichan 'n a mhissionaraidh am Bràigh Loch Abar m'an do shuidhicheadh e mar mhiniestar-sgìre an Sgitinnis.

### Ro-chùram mu'n chorp

Tha ro-chùram dhaoine mu'n chorp 'g a nochdadh féin ann an iomadh dòigh, ach anns na làithean so tha e 'g a nochdadh féin anns an eagal a tha orra gu'm faod iad a bhi air am marbhadh le bomb á soitheach-adhair. Ach chan e mhain nach 'eil e maith gu'n sgaoileadh an t-eagal sin air feadhna rioghachd, ach tha e dona dhuinn eagal leibideach de 'n t-seòrsa sin a leigil a steach d' ar cridheachan. Cò thusa no mise ged a bhitheamaid air ar marbhadh le bomb ? Tha daoine as fheàrr na sinn ann an cunnart a tha deich mile uair na's mothà, ach cha teich iad agus cha ghearain iad. Car son a bhitheamaid sinne a' milleadh misneach na rioghachd, ag ochanaich mu nithean a dh' fhaodas tachairt ? Cha tig am bàs air duine ach aon uair co dhiu, is b' fheàrr do dhuine a bhi marbh seach a bhi a' smuaineachadh gun sgur air a liughad dòigh air am faod am bàs tighinn chuige. An uair a thòisischeas daoine air eagal a ghabhail, no ro-chùram m' am beatha, chan 'eil ceann no cròch aig na truaghean a bheir iad orra féin, agus na sluic chreadha anns an tuit iad. An àite an innitinnean a thoirt thairis do nithean a tha urramach agus feumail bithidh iad fad an là fo eagal agus fo smàig aig bombs no aig germs ; na bombs a thig orra as an adhar, no na germs a dh' fhaodas meuran a' phosta fhàgail air na litrìchean aca, no a dh' fhaodas bùidsearan, is fuineadairean, is cuileagan, a chur 'n am biadh. Fasaidh iad usaideach mu'n bhiadh féin, c' uin a ghabhas iad e, agus ciamar a chagnas iad e, gus mu dheireadh a bheil am brù agus am beatha 'n an uile smuaintean agus nach 'eil Dia ann an gin dhiubh. Mar is lugha a smuainicheas duine air a chorp, no air a bheatha, no air bombs a dh' fhaodas a bheatha a thoirt bhuaith, is ann as fheàrr. "Na bitheadh ro-chùram oirbh mu 'ur beatha," tha Criod ag ràdh, "ciod a dh' itheas no a dh' òlas sibh ; no mu 'ur corp, ciod a chuireas sibh unaibh. Nach mò a' bheatha na am biadh, agus an corp na 'n t-aodach ?

### An t-Urramach Tormod Laing

Ged nach robh Tormod Laing, ministear Stéiseil anns an eilean Sgitheanach, 'na fhior

sheann duine (tri fichead 's a ceithir deug) bha coslas na h-aoise air o chionn bhladhnaichan, is bha e riamh trom agus bog 'na phearsa. Ach tha mi an dùil gu'n do lean e air obair gus an do shiubhail e ; co dhiu cha chuala mi gu'n do leig e dheth a dhreuchd.

Rugadh e an Uidhist a Tuath ; bha e air oilleanachadh an Oileath Ghlaschu, agus air a shuidheachadh an Truimisgearraidh an 1904, aig aois a bu shine na bhios ministearan am bitheantas a' tòiseachadh. Ann an 1912 chaidh e do Bharbas ann an Leòdhus, ach dh' fhàg e Leòdhus ann an 1924, is chaidh e do Stéiseal, far an do chuir e seachad an còrr d'a làithean.

Rinn Dia Tormod Laing ann am molldair dha féin ; cha robh e coltach ri daoine eile no ri ministearan eile ann an ceum air bith, ach mur do rinn e seirbhis mhór no mhaith anns an eaglais, cha d' fhuar e riamh a bheag de chothrom, oir thilgeadh a chranncur ann an sgìrean far nach robh móran feuma air a shaothair, agus far nach robh an sluagh deas gu gabhail ris mar bhràthair no mar mhiniestar. Ged bhiodh am ministear-sgìre a rachadh do Bharbas na b' fheàrr agus na bu choltaiche ri ministearan eile na bha Tormod Laing chuireadh e dearbhadh air a ghliocas agus air a dhiadhaidheachd agus air fhaidhidinn e féin a ghiúlan gu neo-choireach am measg dhaoine a bha coimheach ris, agus aig nach robh bàigh ris féin no ris an eaglais d' am buineadh e. Cha robh Tormod Laing riamh ann an sgír ach sgir anns an robh eaglais na h-Alba fuar agus fasail ; ged rachadh Tormod eile, a b' fheàrr agus a bu chomasaike na e, do Bharbas, Tormod Mór Mac Leòid, cha bhiodh ann ach guth ag éigheach ann an Gàsa.

Fad iomadh bliadhna bha mise an dùil gur ann as an eaglais Shaoir, no as an eaglais Shoir Chléireachail, a thàinig Tormod Laing do eaglais na h-Alba, ach thubhairt duine-eigin riùm o chionn ghoird gu robh mi ceàrr ; gu'n do thogadh agus gu'n do theagaisgeadh e ann an eaglais na h-Alba.

Ach is e a thug orm am beachd ceàrr ud a ghabhail 'n am cheann, gu robh rud-eigin 'n a choslas, agus 'na bhruidhinn, agus 'na dhòigh-ean, nach fhaca mi riamh ann am ministear eile, is thàinig e 'n am inntinn nach b' ann de stoc na h-eaglais againne e idir.

Bha e 'na dhuine geur, agus anabarrach èolach anns an Sgriobtùr ; air uairean anns a' chùbaid dh' abradh e rudan a b' fheàrr agus a bu dòimhne na gheibheadh tu o dhiadhairean agus o sgoilearan a b' fheàrr, ach air uairean eile dh' abradh e rudan neònach agus sgaiteach a b' fheàrr dha a chumail air féin. Duine geur, neo-eisiomaileach 'n a chainnt agus 'n a smuaineachadh, duine nach robh coltach ri daoine eile, agus a bha air a dhealbh ann am molldair dha féin, b'e sin Tormod Laing.



## Tiодhlac na Nollaige

*"Rinneadh am Facial 'n a fheòil, agus ghabh e còmhnuidh 'n ar measg-ne."*—Eòin i. 14.

IS e tiодhlac na Nollaige am Facial siorruidh ann mar so a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e aon-ghin Mhic féin, chum agus ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige.

Tha an Nollaig agus na nithean iongantach a tha i a' cumail air chuumhne ag innseadh dhuinn as ùr gur e ceud thoiseach an t-soisgeil an tiодhlac a thug Dia do'n t-saoghal ann am Mac a ghràidh. Chan e sinne a ràinig air Dia, no a lorgaich e le oidhrip ar n-inntinn fein, ach Dia a chrom chugainne agus a dh' fhoilsich e fein dhuinn ann am beatha Iosa.

Theagamh nach 'eil e furasda dhuinn an dàimh a bha eadar Dia agus Iosa a thug sinn, ach co dhiu bu chòir dhuinn greim daingean a dheanamh air an fhìrinne so, gur e Dia an t-Athair ùghdar ar slàinte, agus gur tiодhlac o Dia a tha ann an Iosa Criosd.

Cha b'e tiодhlac suarach a thug Dia do'n t-saoghal, no tiодhlac nach do chosd dad dha; thug e seachad e féin, oir bha Dia ann an Criosd, air fhoillseachadh anns an fheòil. Is e so a tha na h-abstoil uile a' ciallachadh le gràs Dhe. Ann an gràs Dhe chunnaic iad an tobar as an d' éirich uile obair na slàinte. B'e breith, agus beatha, agus bàs, agus teagast, agus nàdur daonna an t-Slànuigheir, na meadhanon leis an robh an gràs sin air a nochdadh do'n t-saoghal, ach is e gràdh an Athar shiorruidh an tobar as a bheil an gràs a' sruthadh.

## Oidhrip Mhic an duine

Anns an linn so chan 'eil aon fhìrinne eile as mò a fhuair greim air inntinnean dhaoine na gur e oidhrip mhic an duine a choisim dhuinn gach ni maith a tha sinn a' sealbhachadh, aimsireil no spioradail. Their móran dhaoine nach 'eil anns gach seòrs a creidimh agus cràbhaidh a tha air an t-saoghal ach rannsachadh inntinn mhic an duine a' feuchainn ri coinneachadh ri Dia. Ann an aon seagh tha sin fior, oir mur biodh an duine a' feuchainn ri coinneachadh ri Dia cha bhiodh feum air bith ann do Dia e féin fhoillseachadh dha. Ach ann an seagh eile chan 'eil e fior idir, co dhiu a thaobh a' chreidimh Chriosduidh, oir chan ann air oidhrip no rannsachadh mhic an duine a tha an Tiomadh Nuadh a' deanamh luaidh ach air gràs Dhe, agus foillseachadh Dhe, agus an tiодhlac a thug Dia do'n t-saoghal an uair a

chuir e mac a ghràidh gu bhi air a bheith ann an staid iosal ann am Bethlehem.

Chan e sinne a rinn an soisgeul, ach Dia a *thug dhuinn e*, agus thug e dhuinn e le e-féin fhoillseachadh anns an fheòil; chan ann idir ann am briathran, no ann an creud, ach *anns an fheòil*. Agus is e sin an t-aobhar gu bheil am foillseachadh a rinn Dia air féin neo-mheارachdach agus fior gu siorruidh. Faodaidh an rud a chuirear anns a' chreud a bhi ceàrr, oir is e mac duine a chuir ann e, ach bha, agus tha, agus bithidh, am foillseachadh a rinn Dia air féin *anns an fheòil* fior.

## An teagast as fheàrr

Tha mi an dùil nach 'eil e chum móran feuma gu'm biodh pàrantan ag iarraidh air an cloinn, no ministearan ag iarraidh air an t-sluagh, Dia a ghràdhaichadh le 'n uile chridhe, agus gu'm biodh e móran na bu bhuannachdaile dhaibh a bhi ag innseadh dhaibh mu'n ghràdh iongantach leis an do ghràdhaich Dia iadsan. Is e sin an dòigh a ghabh Iosa air Dia fhoillseachadh.

Mur bheil gràdh aig daoine do Dia is e an t-aobhar nach aithne dhaibh e, agus nach do thuig iad an gràdh a tha aig Dia dhaibh-san. Faodaidh e bhith gu bheil iad a' creidsinn gu bheil gean-maith aig Dia ris an t-saoghal mar obair a làimhe, no gu bheil iad a' creidsinn 'n a ghràdh anns an dòigh fhuar anns a bheil sinn a' creidsinn nithean a leugh sinn, ach chan 'eil iad 'g a chreidsinn anns an dòigh bheò anns an leum cridhe páisde le moit an uair a bheir 'athair tiодhlac dha air là Nollaige.

Sin an dòigh anns am bu mhaith dhuinn uile gu'n leumadh ar eridhe le moit ri soisgeul na Nollaige, agus ris an tiодhlac phriseil a thug Dia do'n t-saoghal 'n a mhac. Is e sgeul aoiibhneach a tha anns an t-soisgeul, agus bu chòir dhaibhsan a tha 'g a theagast, co dhiu a tha e air a theagast anns an dachaidh, no anns an sgoil, no anns a' chùbaid, feuchainn ri maise agus uaisle Dhe a nochdadh, agus gràdh Dhe àrdachadh anns gach dòigh a cheadaicheas an eòlas dhaibh. Mur dean luchd-teagaisg sin, is coma dhaibh féin, no d'an luchd-éisdeachd, ciod a their iad air cuspairean eile, oir ma tha daoine ag altrum smuaintean ceàrr mu thimchioll Dhe tha iad air seachran anns an ni as prionnspalaiche anns a' bheatha spioradail.

Tha Dia na's maisiche na gu'n gabh a mhaise

innseadh, ach na'm b' urrainn do theachdairean an t-soisgeil eadhon earlais bheag d'a mhaise innseadh thogadh na miltean an guth, is theireadh iad, "Eiridh mi, agus théid mi a dh' ionnsuidh m' athar."

## Anns a'

**C**IOD an seòrsa dhaoine as fhiach am moladh os cionn chàich? Ghabhadh a' cheist sin freagairt an iomadh dòigh, is theagamh gu'm biadh na freagairtean uile fior ann an tomhas, ach is e na daoine a chuirinn-sa os cionn chàich daonnan, daoine a dheanadh gniomh gaisgeil ann am fuil fhuar.

Tha daoine ann a tha gealtach gu nàdurra agus le comhairle shuidhichte; sin agad seotachan an t-sluaigh. Ach tha daoine eile ann a tha gaisgeil gu nàdurra agus le comhairle an cridhe féin; sin agad maithean agus prionnsachan an t-sluaigh.

\* \* \* \* \*

Bu mhaith leam, ma ta, naidheachd innseadh air an duilleig so mu ghniomh gaisgeil a bha air a dheanamh air a' mheadhon-oidhche agus ann am fuil fhuar le duine a tha fhathast beò, duine nach ruigeadh a leas a dheanamh idir mur b' e gu robh uaisle agus gaisgealachd nàdurra 'n a chridhe.

Bha e a' fuireach dlùth do'n chladach, cladar cunnartach air am biadh soithichean gu tric a' dol air tir. Oidhche shònraighe ann an deireadh October, agus an stoirm ann fad an latha, bha nuallanaich a' chladach cho làdir 's gu'n deachaideh e sìos a dh' ionnsuidh a' chladach aig aon uair deug a ghabhail seallaidh air a' chuan. Ann an solus na gealaich chitheadh e an fhairge a' briseadh 'n a caoraibh geala air sgeirean a bha mu mhive bho thir; far an robh na tonnan a' bualadh air na creagan aig a chasan bha ruith làdir air a' chladach.

Sheas e tacan ag éisdeachd ri glaodhaich a' chuain agus a' sealtruinn air na h-uisgeachan a bha a' dol thairis air na sgeirean, agus an sin thionndaidh e a dhol dhachaidh, ach anns an tionndadh a bha aige, cluinnear o'n mhuij glaodh duine 'n a éiginn. An uair a dheare e gu geur air an àite as an tainig an-glaodh faicear ann an solus na gealaich duradan dubh mar gu'm biadh e a' snàmh, dùradan a bha a' dol as an t-sealladh an dràs'd s'a rìs, ach uair a bha an snàmhiche air a thogail gu h-àrd air cìrean stuaidhe chunnaic am fear a bha air tìr gáirdean an t-snàmhiche air a thogail os ciorn a chinn, agus chual e an glaodh-éiginn a rìs os ciorn gàirich na mara.

Sheas an duine an fhicheadamh cuiid de leth-mionaid mar gu'n stadadh a chridhe agus mar gu'n do chaill e a thoinisg, gun fhios aige ciod a dheanadh e. Bha an fhairge uamhasach; bha an

A h-uile neach a tha a' cur *tiodhlac* Dhe an suarachas tha e a' meudachadh bròn Dhe, agus a' cur an suarachas an ni as maisiche agus as iongantaiche air an cuala daoine no ainglean sgeul.

## Chathair

snàmhiche ceithir cheud slat o thir; is bha an oidhche agus an fhairge fuar. A thuilleadh air sin cha robh creutair beò dlùth a bheireadh cuideachadh dha féin na'm biadh feum aige air cobhair, no na'm failnicheadh a neart, rud a bha glé choltach.

Leum sin uile 'na inntinn; leum e 'n a inntinn gu'n cuireadh ruith eagallach a' chladaich an t-eanchainn asda le cheile ris na creagan, ach cha luaithe a leum na ràinig an glaodh-bàis ud a chluas a rìs, agus an sin gu'n an corr uime thilg e dheth a h-uile stiall d'a aodach, agus le roid leum e a mach air a' mhuij.

Bha e 'n a shnàmhiche maith, ach bha e duilich dha dol an aghaidh na droch fhairge a bha air a' chladach, is bha e air bheul toirt thairis an uair a ràimig e mar fhicheadh slat do'n dùradan dhubbh a bha ag éirigh agus a' dol as an t-sealladh air uchd nan tonn.

Gus an robh e mar dheich slatan dha bha e a' cluinniann a' ghlaoidh, is bha e cinnteach gu robh an duine an éiginn-bàis, ach an uair a bha e aige, chunnaic e nach e duine a bha ann idir ach bun-craoibhe ris an robh bad feumann an crochadh. A h-uile uair a thilgeadh an fhairge am maide cam ud air taobh shònraighe bha am bad feumann a' siabadh os a chionn mar gu'm biadh làmh duine a' sméideadh. Bha faoileann a' leantuin a' mhaide, a' criomadh na feumann 'nuair a gheibheadh i cothrom seasamh air, ach a h-uile uair a rachadh e as an t-sealladh a chailleadh i a h-àite-seasaimh bha i a' toirt sgriach aisde le droch nàdur. Sin an glaodh-éiginn a bha an duine a' cluinniann.

Fhuair e a leithid de bhriseadh-dùile 's gu'n d' fhàg a neart e, is b' fheudar dha a thaic a leigeil ris a' mhaide 'g a chumail féin an uachdar. Bha an oidhche agus an t-uisge fuar, is bha a neart a' fannachadh cho mó'r gu'n do bhailiug eagal e nach ruigeadh e tir gu bràth. Ach direach 'nuair a bha e an impis a bhi air a bhàthadh rug stuadh a bu mhotha na càch air, is thilg i air tir e cho àrd os ciorn gob na tuinne 's nach b' urrainn ruith a' chladaich a tharruing air ais do'n fhairge a rìs.

Bha e 'n a shineadh mar sin ceathramh na h-uarach, gun chomas éirigh; aodann air a ghearradh agus a shùilean dall le fhuil féin; agus a h-uile ball 'na chorpa air a bhruthadh agus air chrith leis an fhuachd.

An uair a chaidh aige air éirigh cha b' urrainn dha amas air an àite anns an do chuir e dheth aodach, ach mu dheireadh fhuair e aodach mu

cheatuiramh a mhile o'n àite anns an do thilg an fhaighe air tir e ; thus an sruth an t-astar sin air falbh e.

Ach gus an naidheachd a ghiorrhachadh dh' èalaidh e dhachaidh gu h-éiginneach mu thrì uairean 's a' mhaduinn, gun dad aige air son a ghaisgealachd ach réite ri làndur agus ri choguis féin.

\* \* \* \* \*

Bheireadh e toileachadh dhomh a ràdh gur e Gàidheal a rinn an gniomh uasal agus gaisgeil ud, ach chan e idir ach Sasunnach, duine a rinn seirbhis mhaith do'n rioghachd so, an cogadh agus an sith, am Morair Mottistone, a b' fheàrr a b' aithne dhuinn fo'n ainm, Còirneal Iain Eideard Bernard Seely, C.B., P.C., D.S.O., a bha air cheann Gnothuichean an Airm anns a' Phàrlamaid eadar 1912 agus 1914.

Bu toigh leis an fhear nach maireann, am Morair Asquith, daoine gaisgeil, is theagamh gur e sin an t-aobhar gu'n d'thug e do Chòirneal Séidy àite ann an Comhairle an Righ anns a' Phàrlamaid, oir tha mi an dùil nach robh e idir ro mhaith air bruidhinn.

Bha Winston Churchill agus Còirneal Seely ann an Comhairle an Righ aig an aon àm, is theagamh nach robh dithis eile innse còmhla riamh a bha uiread uairean 'n am beatha ann an cuil chumhainn, ach a bha air an saoradh a' cunnart le misneach agus gaisgealachd an cridhe féin. Agus sin an seòrsa dhaoine d' an dligeachd dhuit do bhoineid a chur dhioit. Tha gliocas saoghalta gu léir againn uile, ach tha misneach agus gaisgealachd 'g ar dith.

Bha Còirneal Seely maith air muir, air muin eich, agus air cheann airm (bha e 'n a chomannair air saighdearan Chanada anns a' chogadh mu dheireadh), agus sin agad tri dearbhaidhean cho cinnteach 's a ghabhas cur air misneach mhic an duine ; marachd, marcachd, agus cogadh.

Tha an leabhar a sgriobh e mu nithean a chunnaic agus a dh' fhiosraich e 'n a bheatha làn de nithean maithe ; sin an t-aobhar gu'n d' thug mi tarruing air air an duilleig so.

Bhiodh e an déidh làimhe a' cur na ceiste air féin, an robh e ceart dha dol a mach air a' mhuij an oidhche ud ? Ge b'e àite anns an cuiread a' cheist sin togaidh i argumaid. Their cuid nach robh e mar fhiachaibh air a bheatha a chur an cunnart air sgàth coigrich ; gu'm bu chòir dha cuimhneachadh air a theaghlaich féin, agus ficead rud eile mar sin anns a bheil firinn agus gliocas-saoghalta. Ach tha Còirneal Seely

cinnteach nach do rinn e ach na bu chòir do dhuiñe air bith a dheanamh, ma bha cothrom *reusonta* aige air an duine eile a shàbhalaadh. A thuilleadh air sin tha e ag ràdh nach biadh fhios aige gu bràth nach e duine ach made a bha anns an dùradan dhubh a chunnaic e anns an fhaighe, mur snàmhadh e a mach 'g a ionnsuidh, agus gu'm biadh näire 'n a chridhe gu bràth gu'm faca e duine 'g a bhàthadh gun feuchainn ri shàbhalaadh.

Cothrom *reusonta* ! sin uile a' cheist ! Their an gealtair nach gabh an rud deanamh, ach gun *reusontachd* a chur air a' mheidh, leumaidh an duine gaisgeil a mach air a' mhuij agus nì e an rud.

\* \* \* \* \*

Tha àm agus suidheachadh ann am beatha a h-uile duine anns nach 'eil e glie dha a chomhairle a chur ri fuil no ri feòil ach leigeil le comhairle a chridhe féin seasamh. An uair a dh' innis Pol do sheanairean na h-eaglais ann an Ephesus, agus do fheadhainn eile d'a chàirdean, gu robh e a' cur roimhe dol gu Ierusalem far an robh geimhlean agus trioblaidean a' feitheamh air, bha iad duilich gu robh e a' dol air a leithid de thurus, is chomhairlich iad dha gun dol ann. Theireadh iad ris gu robh a theagasc agus a riaghlaadh cho feumail do'n eaglais 's nach robh e ceart dha a bheatha a chur an cunnart ; gu robh na h-Iudhaich an geall air cur as dha, agus gu'n gabhadh iad an cothrom aig àm na fèille ud 'nuair a bhiodh am baile làn. Bha fhios aig Pol gu robh sin uile fior, ach tha e ag innseadh gu robh guth diomhair a' labhairt ris 'n a chridhe féin, ag iarraidh air dol suas gu Ierusalem, agus mar sin cha d' éisd e ri gliocas saoghalta dhaoine eile, ach *leig e le comhairle a chridhe féin seasamh* ; is tha na linntean uile a' togail fianuis gu robh Pol ceart.

An uair a bha Iosa a' dol suas gu Ierusalem aig àm na Càisge, agus a dh' innis e do na deisciobuil ciod a bha a' feitheamh air, chomhairlich iad dha gun dol ann, is chaidh Peadar thar na cailean b' fhaide na càch ag iarraidh air an aire a thoirt d'a bheatha agus an cunnart ud a sheachnad. Ach leig Iosa le comhairle a chridhe féin seasamh, is chaidh e an còmh-dhail a' chroinn-cheusaidh ; gniomh buadh-mhor agus gniomh gaisgeil as a bheil aileadh-beatha do'n t-saoghal uile. Tha ni-eigin neo-bhàsmhor ann an gniomh uasal agus ann an gniomh gaisgeil ; cuiridh e näire air na gealtairean agus air na mi-chreidich, dà sheòrsa dhaoine anns nach 'eil tlachd aig Dia.

## Anail an

## Spioraid

**B**HO chionn ghoirid thus caraid còir dhomh bleabhar beag a bha air a sgriobhadh mu mhiniestar a bha glé ainmeil 'n a latha, an

t-Urramach Donnchadh Caimbeul a bha ann an Cill-Tighearn, air Machair Rois. Chan 'eil a bheag anns an leabhar a bha uile gu léir ùr

dhomh, ach a thaobh 's gu bheil euid de na seann mhinistearan a bha ainmeil anns a' Ghàidheatachd air an ainmeachadh ann bu mhaith leam seanchas a dheanamh nime air an duilleig so, oir tha mi cinnteach gu'n aon-taich gach neach a leughas i ris an rud a thuit am bàrd,

*Mar ghath gréine do m' anam fén  
Tha sgeul air na làithean a dh'aom*

Is toigh leam a chluinntinn gu dé na cinn-theagaisg a bhiodh aig na seana mhinistearan, agus gu dé an teagasc a bhiodh iad a' toirt asda. Tha mùghadh mór eadar an t-seann fheadhainn agus an fheadhainn òga a thaobh an dòighean-teagaisg; bheireadh na seana mhinistearan bainne agus mil an t-soisgeil á cinn-theagaisg anns nach robh an soisgeul idir, ach glé thric cha toir na ministearan òga ach connlach thioram á cinn-theagaisg a tha làn de'n t-soisgeul.

### Ceann-teagaisg soisgeulach

An uair a tha ministear an diugh a' dol a dheanamh searmon soisgeulach, no a chur impidh air daoine a bhi réidh ri Dia, gabhaidh e ceann-teagaisg soisgeulach as an Tiomnadh Nuadh, briathran mar so, "Thigibh a'm ionnsuidh sibhse uile a tha ri saothair, agus fo throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh," no "Is mise an t-sligte, an fhírinn, agus a bheatha," no briathran eile de'n t-seòrsa sin anns a bheil cridhe agus anail an t-soisgeil.

Ach liùbhradh na seana mhinistearan sear-moin shoisgeulach o chinn-theagaisg anns nach saoileamaid-ne gu robh teachdaireachd an t-soisgeil idir. Bhiodh iad a' cur annta an àite a bhi a' toirt asda; a' cur annta teagasc nach robh 's an t-sealladh aig an fhear a sgrìobh iad idir.

Bha searmon soisgeulach aig Donnchadh Caimbeul, a bha air a bheannachadh do mhóran, air a' cheann-theagaisg, "An ni sin nach d' thug mi leam is éigin dhomh aiseag" (Salm lxix. 4). Shearmonaich e e anns a' Mhanachain, ann an Labhar, am Blàr Atholl, am Muile, an Srath Teamhair, agus ann an àitean eile, agus b'e so na cinn a bha aige,

- I. *Thug Criod air ais glòir do Dhia*
- II. *Thug Criod air ais réite eadar an duine agus Dia.*
- III. *Thug Criod air ais sonas do'n duine.*
- IV. *Thug Criod air ais ionraigh Dhe do'n duine.*

Chan abradh tu gu robh an ceann-teagaisg so ro ghealltanach, no gu'n do roinn e e gu cothromach, ach air a shon sin tha e coltach gu robh an searmon anabarrach drùidhreach agus 'n a mheadhon air anamanna a chosnadh do Dhia.

### Dòmhnullach na Tòisigheachd

Cha mhò a shaoileadh tu gu robh anail an t-soisgeil anns a' cheann-theagaisg so, "Is e d' fhear-pòsda do Chruithear" (Isaiah liv. 4), ach b'e sin na briathran o'n do shearmonaich Dòmhnullach na Tòisigheachd aon de na sear-moin a bu drùidhiche a liubhair e riamh, an searmon a liubhair e ann an Aird-eònaig air Sàbaid comanachaидh, agus ann an àitean eile cuideachd. Lean e air fad dà uair agus fishead mionaid a' searmonachadh, is bha a leithid de chumhachd 'n a bhrìathran 's gu'n robh a chuid mhór de'n choimhthional a' gul. Thubhairt maighstir-sgoil a bha 'ga eisdeachd an là ud gu'm b' aithne dha leth-cheud duine a bha air an dùsgadh gu cùram anama leis an t-searmon ud agus air an iompachadh. Annas na làithean ud bha anail an Spioraid a' séideadh air feadh na dùthcha uile.

An uair a bha Luther air leabaiddh a bhàis dh' fhaighnich a bhean dheth an robh earrann shònraighe anns a' Bhiobull a bu mhaith leis i a leughadh dha. "Leugh dhomh," ars esan, "an earram anns an do thilg mi m' acair an toiseach." B'e an carrainn a bha mar acair do anam Luther, "Bithidh am firean beò tre chreideamh." B'e an ceann-teagaisg a bha 'n a mheadhon air Donnchadh Caimbeul iompachadh, agus e bliadhna air fhichead a dh' aois, "Nach 'eil iocshlaint ann an Gilead? nach 'eil léigh an sin? Car son, ma ta, nach 'eil sláinte air a h-aiseag do nighean mo shluaign-sa" (Ieremiah viii. 22). B'e sin an ceann-teagaisg a bha aig Raibeart Findlater, agus e a' searmonachadh ann an Gleann Lìomhunn.

### Triùir Bhràithean

Bha dithis bhràithean aig Donnchadh Caimbeul, Daibhidh a bha 'n a mhinistear ann an Gleann Lìomhunn, agus Pàdraig a bha 'n a mhaighstir-sgoil ann, is bha cuimhne aig muinntir Bhraghad-Albann fad iomadh latha air comanachadh ann an Gleann Lìomhunn aig an robh an triùir bhràithean so còmhla; Dàibhidh, ministear a' choimhthionail; Donnchadh a bhràthair 'g a chùideachadh, is Pàdraig air cheann na seinн.

Bha sluagh mór cruinn á Rainneach agus o thaobh Loch Tatha, agus am measg na feadh-nach a bha cruinn bha athair an Ollaimh W. M. Mac Griogair agus e'na bhalach òg. Annas an leabhar bheag chùbhraighd so a sgrìobh e an déidh làimhe mu Dhonnchadh Caimbeul tha e ag ràdh gu robh duinealachd 'na choslas agus sòluimteachd 'n a theagasc a rinn drùidheadh anabarrach air an t-sluagh. Tha e ag innseadh cuideachd gu robh màthair nan Caimbeulach aig an t-seirbhis, agus i sona a bhi faicinn a triùir mhac a' togail am fianuis air taobh Chriosd am fianuis chompanach an òige.

### Cinn-theagaisg neònach

Anns na làithean ud cha robh Braghad-Albann 'n a fhearrann cho cruaidh gu spioradail 's a tha e an diugh, a ghabhail ri siol an t-soisgeil ; bha dùsgaidhean spioradail ann fad bhliadhnanachan, is cha mhór mhinistearan soisgeulach anns a' Ghàidhleathachd nach do shearmonaich ann uair no uair-eigin, o Dhòmhnullach na Tòisigheachd gu Dòmhnull Mac Gille-Bhràith, a shiubhail an Cill-Mhàilidh an 1835. Bha an Dòmhnullach Mór cho iomraiteach 's gu bheil e furasda gu leòir fios fhaotainn air na cinn-theagaisg a bhiodh aige, ach ged tha e air a ràdh gu robh cumhachd an Spioraid Naoimh ann an searmonachadh Mhic Gille-Bhràith agus gu robh e air a bheannachadh do mhòran, bhiodh e a' gabhail cinn-theagaisg neònach. B'e so aon dhiubh, " Tha do bheireach agus do dhùthchas o thìn Chanaain ; b' Amorach d' athair agus bu bhan-Hiteach do mhàthair ; . . . a chum' gu'n cuimhnich thu, agus gu'm bi näire ort, agus nach fhosgail thu do bheul gu bràth na's mò do bhrigh do näire 'n uair a bhitheas mise réidh riut air son gach ni a rinn thu, deir an Tighearna Iehobhah " (Esecl xvi. 3, 63). Ciod air bith a their thusa, a leughadair, cha toigh leamsa a bhi a' cluinntinn mhinistearan a' searmonachadh air cinn de'n t-seòrsa so, oir feumaidh iad rud-eigin 'nach

'eil annta gu fior a chur annta m' an toir iad asda' dad a bhiodh buannachdail do choimhthionail. Ach 's e duine maith a bha ann an Dòmhnull Mac Gille-Bhràith.

### Coisiche maith

Choisich an dà bhràthair ud, Dàibhidh agus Donnchadh Caimbeul, a h-uile ceum á Gleann Lìomhunn do'n Tòisigheachd a dh' ionnsuidh nan òrduighean, còrr agus còig fichead mile, is tha e air a ràdh nach do bhlaic iad de bhiadh air an t-sligeach aon ghloine leanna am fear agus greim arain a bha aca 'n am pòcaid.

Liubhair Donneadh Caimbeul searmon ainmeil ann an eaglais Labhair mu bhith agus mu nàdùr Dhe, ach a thaobh 's gu'n deachaidh e a steach ann an ceistean diomhair agus domhain theagamh gu'n abradh cuid a bha anns an eisdeachd mar thubhairt neach eile " Cha ghabh sinn gnothuch ri nithibh a tha ro àrd air an son."

Aig àm an Dealachaidh dh' fhàg Mghr Caimbeul eaglais na h-Alba ach lean e air ann an Cill-Tighearna mar mhinistear na h-Eaglaise Saoire gus an do shiubhail e ann an 1873. Tha e air a thiodhlacadh ri taobh Thomais Hog, aon de na seana ghaisgich spioradail a las coinneal na firinn anns an Taobh Tuath.

## Am Foghar

**A** h-uile là a dh' éireas sinn tha sinn a' peacachadh an aghaidh an Tighearn ann an iomadh dòigh, ach tha sinn a' peacachadh gu sònraichte lé bhi a' gearan air an t-sid. Ach mar tha an sean-fhacal ag ràdh, " Chan e an là maith nach tigeadh ach an droch dhuine nach fanadh ris." Fad an Fhoghair bha sid mhaith againn am bliadhna, gu sònraichte o mheadhon gu deireadh September, is tha a nis bàrr na bliadhna anns na h-iodhlannan, tioram fo thigh agus fo shòman. Is bha am buntata air a thogail na bu tràithe na chunnaic mi riambh e.

Is e toradh na talmhainn an fhreagairt a tha Dia a' toirt do ùrnuigh a chloinne, " Thoir dhuinn ar n-aran làthail." Ann a bhi a' freagairt na h-ùrnuigh so tha Dia a' deanamh comh-oibrichean maille ris féin dhinn. Sin mar tha Dia a' deanamh daonnan ; tha e a' toirt dhuinn cothrom air ar n-ùrnuighean féin a fhreagairt ann an eo-bheinn ri chumhachd-san. Feumaidh sinne cur agus buan a dheanamh, ach is e esan a bheir fàs agus toradh.

Dhaibh arbhar tha thu deasachadh  
Le d' fhreasdal caomha féin ;  
'S ag usgeachadh le pailteas mó  
Nan iomairean gu mìn.

Do dhaoine a tha a' fuireach air an dùthachd tha e na's phasa cumhachd an Tighearn agus

maitheas an Tighearn a chuimhneachadh na tha e do mhuinntir nam bailtean-móra, oir tha sinne a' faicinn a' bhìdh a' fàs, ach dhaibhsan chan 'eil ann am biadh ach rud a gheibhear ann am bùth.

Tha aobhar sònraichte againn am bliadhna air son a bhi taingeil do Dhia a thug bàrr maith dhuinn, oir leis a' chogadh uamhasachas a tha dol air aghaidh faoidhail e bhith nach bì e cho furasda dhuinn biadh fhaotainn à dùthchannan eile, agus gu'm bi feum againn air na tha againn de shiol cruitheachd agus de bhuntàta.

An uair a tha sith anns an t-saoghal tha e furasda gu leòir dhuinn ar lòn a tharruing á ceithir ranna ruadh an domhain. An diugh fhéin chruiinnicheadh a dh' ionnsuidh mo bhùird saibhreas Chanada agus na h-Eiphit, is rinn treudan dhaoine nach faca mi riambh frithelaadh dhomh. Dh' ith mi measan a dh' fhàs air craobhan nach do chuir mi, agus aran nach do shaothraich mi air a shon, ach a bha air a thoirt chugam le mic a' choigrich ann an longan an Aileanaich. Chomh-oibrich Russia agus Carolina agus Eirinn le chéile a dheanamh na tubhailte a tha air a' bhòrd ; thàinig an t-airgiot geal a tha a' còmhachd nan spàinnean agus nan sgeanan á méinean ann am Mexico no ann an Nevada ; chuir Astralia an fheòil

chugam, agus Ceylon na spòsraidhean a ni blasda i ; shaothraich Innseanaich agus Ameri-canach anns an teas a chur reas agus aran-cruithneachd air a' bhòrd. Ged tha gàrradh agus gliob agam chan ann as a' ghàrradh agam fhéin a thàinig na measan a tha nis mu m' choinneamh ; thàinig na h-ùbhlan á Tasmania, na peuran á California, na h-oireansearan á Florida, agus na cnothan á Brazil ; ghiùlain coolies ann an China no ann an Assam teas agus ullaich an là los nach bithinn gun tea, agus shaothraich coolies eile anns an Eiphit agus ann an Iamaica los nach bithinn gun siúcar a dheanadh milis i.

Tha an saoghal uile fodhainn an diugh ; mur

bheil pailteas ann an aon àite tha pailteas ann an àite-eigin eile, is chan' eil agad ach am facal a ràdh is gheibh thu do riad. Tha saibhreas gu leòir anns an t-saoghal, agus biadh gu leòir do na h-uile, na'n robh daoine cho glie agus gu'n comh-oibriceadh iad maille ri chéile ann an sith.

Ach ged nach 'eil sinn anns an dùthaich so an urra ri toradh ar dùthcha féin cha bhi e cho furasda dhuinn cho fad's a mhaireas an cogadh biadh fhaotainn á ceàrnán eile. Mar sin tha e mar fhaichaibh oirnn gun a bhi sòghail no struidheasach air biadh, agus am feum as fheàrr a ghabhas deanamh a dheanadh de'n talamh againn féin.

## Ailean Mac Leòid, Beàrnaraidh-na-Hearadh

LE NIALL MAC AN TUAIRNEIR, AN LOCH PORTAIN

**C**HAOCHAIL an duine naomh agus am fior Chriosduidh so air a' chòigeamh là de mhios deireannach an Fhoghair. Thàinig a' ghairm air gu h-obann, is e an ceann a ghothuich ; mu'n dubhaint e fein beagan ùine m' an do thriall e, "chan' eil mise a nis ach ri feitheamh an aiseig."

Fhaur e sin, aiseag socrach ciùin, gun stoirm gun luasgan, gus an do chaidil e ann an Criod mar leanaban a' dol gu fois.

'S ann am Miabhadh na Hearadh a rugadh e, ach 'n a bhalachan timchioll air tri bliadhna dh' aois thàinig e do Bheàrnaraidh, far an do chaith e a chuid bu mhòtha d'a bheatha.

Chaithe e pàirt eile d'a thurus ann an Srath-Spèidhe far an d' ionnsaich e bhi 'na ghriasaiiche. Bha e 'n a fhearr-ceirde ealanta agus snasmhor.

Bha e 'n a dhuine aig an robh inninn làidir shioilleir gu nàdurra, agus choisrig e a bhuadhan uile do nithean àrd agus uasal gun a bhi còs'd uine air nithe beaga agus suarach.

Bha dòimhneachd is grunnachadh inninn anabarrach aige ann a bhi làimhseachadh an Fhocail, agus is lionmhòr iad a fhuair faochadh is sith d' an anam ann a bhi sgaoileadh fa chomh-

air an suidheachadh brònach anns am biodh iad aig amannan.

Bha tur agus glicas agus ciùine 'n a bheachdan agus 'n a briathran daonan.

Bha e 'n a sgoilear Gàidhlig is Beurla iongan-tach math, agus cha robh iad ach gann 'n a linn aig an robh uibhir èolais air obair uighdaran diadhaidh s' a bha aige.

Bha e cumhachdach ann an iùruigh, agus ann an labhairt air "ceist" bha e drùidh-teach agus soisgeulach ionnuis nach robh neach riamh a dh' eisd ris a b' urrainn a chomhairlean dileas measarra a dhì-chuimhneachadh.

Cha b' ann ainneamh a ghleus Ailean Mac Leòid a chruit-chiùl rè a chuaireat air thalamh, 's a chuir e an céill fhaireachduinn ann an cainnt mhilis a' bhàird.

Rinn a chuimhne bha làdir  
Gréim bàis air na chual e,  
'S dh' aindeoin innleachd an nàmhaid  
Cha do thàrr e thoirt uaithe ;  
Thuit an siol air is dh' fhàs e,  
Agus b'aluinn an sguab e ;  
Trom torach le ghràsan,  
Nuair a thàinig an uair aig ?

## Aig an Uinneig

### A' Bhean-Chomuinn

**C**HAN aithne dhomh òran ann an Gàidhlig as fheàrr a tha air a dhealbh, an smuain agus am briathran, na 'n t-òran so, *A' Bhean Chomuinn*, no mar theirear air uairean ris, *Chaitig Mór mo bhean dhachaidh*.

Is e a' choire as mò a gheibhear ann an òrain Ghàidhlig nach 'eil dad annnta air am faigh an inninn greim ; gu tric tha na briathran pailt

ach na smuaintean tana agus lom. Air neo tha na briathran agus na smuaintean cho ceòthar's nach cuir iad dealbh air bith fa chomh-air t' inninn.

Ach is e maise an òrain so gu bheil e a' cur fa chomhair t' inninn ann am briathran simplidh agus drùidh-teach suidheachadh cho brònach s' is urrainn duine a bhi ann ; duine a' caoïdh a mhnatha agus a chlann òg timchioll air, a' caoineadh am màthar

Gu'n d' fhalbh mo bhean-chomuinn,  
Cha tig mo bhean-ghaoil,  
Gu'n d' fhalbh mo bhean-chomuinn,  
Bean thogail nan laogh.

Thig blàth air a ghiuthas,  
Agus ubhlan air gèig,  
Cinnidh gucag air luachair,  
Ach cha għluais mo bhean fhéin.

Thig Mārt oirnn, thig Foghar  
Thig todhar, thig buain,  
Ach cha tog mo bhean luinneag  
Ri bleóghan no buain.

Cha dirich mi bruthach,  
Cha shiubhail mi frith,  
Chan fhaigh mi lochd cadail  
'S mo thasgaiddh 's a' chill.

Tha mo chrodh gun an leigeil,  
Tha 'n t-eadradh aig cùch,  
Tha mo leanabh gun bheadradh,  
'N a shuidh' air a' bhliàr.

Tha m' fhàrdach-sa creachta,  
'S lom mo leac is gur fuar,  
Tha m' ionmhas 's mo bheartas  
Fo na leacan 'n a suain.

Uist ! a chagarain għoalaich,  
Caidil sāmhach, a luaidh ;  
Cha tog caoineadh do mhàthair,  
Dean bà bà a nis, 'uain.

### As na h-Innsibh an Ear

Is ann de sheòrsa eile a tha an naidheachd so, ach is fhiach naidheachd mhaith a h-innseadh, agus is e grinnéas na naidheachd so an car a tha 'n a-h-earball.

Bha ribhinn uasal anns na h-Innsibh an Ear air an robh ceithir leannain an tòir. A thaobh airgid is inbhe bha iad coltach ri chéile, is cha robh fhios aice cò am fear aca d' an tugadh i a làmh. Ach am feadh 's a bha i an iom-chomhairle għabb i fiabhrus is shiubhail i. Shaoileadh tu gur e sin crīoch na naidheachd, ach chan e idir.

Bha na ceithir leannain aig an tiodhlacadh. Chuir fear dhiubh làmh 'n a bheatha ri taobh na h-uaighe le bròn, is bha e air a thiodhlacadh còmhla rithe. Thubhairt fear eile dhiubh gu'n rachadh e dhachaidh agus nach deanadh e obair gu bràth tuilleadh ach a' caoidh na té a bha marbh. Thubhairt an treas fear gu'n streapadh esan a h-uile oidhche do chraoibh a bha aig ceann na h-uaighe, a chumail air falbh fiadh-bheathaichean na coille bho àite-tàimh a leannain. Chuir a' cheathramh fear roimhe gu'n siubbhaldh e sios is suas, a null 's a nall, air feadh an t-saogħħal a dh' fheuchainn am faigheaddh e luibh no stuth air chor-eigin a bheireadh am marbh beò. Mu dheireadh fhuair e an stuth a bha dhìth air o chailllich ghlieg ann am Mesopotamia ; fūdar geal.

An uair a chrath e am fūdar air an nighinn a bha marbh thàinig i beò anns a' mhionaid, ach

gu tubaisteach thuit rud beag de'n fhùdar air an fhearr a bha air a thiodhlacadh còmhla rithe, is thàinig esan beò cuideachd.

An sin thòisich a cheathrar a rìs air làmh na ribhinne a thagar. Thuirt fear dhiubh gu'n seòladh long anns na deòir a shil e air a son ; thuirt fear eile gu'n do chuir e seachad ráidh ann an craoibh a' dion a h-uaighe ; thuirt an treas fear gu'n do bhàsaich esan air a son ; agus a' cheathramh fear gu'n d' thug esan beò i. Ach bha an ribhinn fhathast an iom-chomhairle, is cha b' urrainn dhi roghann a dheanamh.

Mar sin dh' aontaich a cheathrar gu'n cuireadh iad a' chùis air beulaibh an *rajah*, agus gu'm biodh iad leagta r'a bhinn-san, cò aca a għiebheaddh làmh na ribhinne.

Shuidh an *rajah* air a chathair-bhreitheanais ; thagair gach fear dhiubh a' chùis féin 'n a làthair, agus an déidh dha na bha aca ri ràdh a chluinntinn, labhair e mar so riu ; "tha an ribhinn uasal agus bòidheach, òg agus beartach, is tha a' cheist a chuir sibh air mo bheulaibh cho duilich a fuasgladh 's nach 'eil dòigh eile air a fuasgladh ach gu'n pòsainn fhéin an ribhinn ; sin binn na cùirte."

### Leabħraichean Iudhach

Ged nach robh móran dhaqine 'n a latha a leugh uiread leabħraichean ris an Ollamh Mac Iain cha do leugh e gin de leabħraichean an *Apocrypha* gus an robh e tri ficead 's a tri, aois aig am biodej e glic do dhuine stad de leughadh uile gu léir, agus tòiseachadh air cnàmhadh a chire leis na leugh e cheana. Ach duine air bith nach do leugh leabħraichean an Apocrypha agus gu sòraichte *Ecclesiasticus* no *Gliocas Iosa mac Shirach*, agus *Gliocas Sholaimh*, chaill e kompanaċċa a b' fhiach dha eòlas a chur orra, oir tha iad làn de ghliocas saqghalta, de thùr nàdurra, agus de chomhairlean maith mu chàirdeas agus mu phòsadh, mu mhalairt agus mu airgiad-iasaid, agus mu iomadh rud eile a thachras air duine 'n a bheatha.

Bha na sgriobhaichean agus na Phairisich tāireil air an t-sluagh chumanta aig nach robh iuine no theagħmha cāl gu bhi a' sior-smuain-eachadh air an lagħ, ach nach caomhail agus nach glic a tha mac Shirach a' labhairt mu'n t-seòrsa sin ; treabħaichean agus iasgairean, agus saoir, agus clobairean chaorach is dhamh, agus croitearan beaga, a bha cho driopail fad an latha 's nach b' urrainn dhaibh uile riaghailtean an lagħha a choimhead !

*As eugenħais an luchd-oibre sin cha mhair am baile ; Ged nach suidh iad an coimhthional nan seanairean, Agus ged nach iarrar comhairle orra, Agus ged nach suidh iad air cathair a' bhreitheanais, Agus ged nach fhaighear cosmhalaċċan bhuapa, Gidheath tha iad a' deanamh obair an t-saogħail, Agus tha iuġġ aca ann an saothair an làmh.*

Sin agad facail cho flor 's a bha riagh air an labhairt ; ma tha tìne agus cothrom agad-sa agus agam-sa air cleachdaidhean follaiseach na diadhaidheachd a chumail suas cuimhnich-eamaid gu bheil sin air a chosnadh dhuinn le saothair agus fallus agus theagamh mionnan dhaoine eile a tha an diugh anns a' pholl anns an Fhraing, no ann an gàbhadh air a' chuan. Sin agad na daoine nach dean an rioghachd feum as an eugmhais ann an là na h-eiginn, ged nach iarrar comhairle orra agus nach cuirear 'n an suidhe iad am measg nan seanairean.

Anns na leabhaircian so' gheibheadh ceistearan agus " daoine " a bhios a' labhairt air a' cheist anns a' Ghàidhealtachd dubh-fhacal agus cosmhalaichdan agus sàmhlaidean a tha fada na's finealta na'n fheadhainn a bhiodh aig Alasdair Geàrr. Dh' faodadh an t-Ollamh Ruairidh Mac Leòid rud bu mhiosa a dheanamh na'n *Talmud* a chur a mach mar leabhar-teagaisg ann an sgoil-shamhraidh nam missionaraidhean Gàidhealach.

Nach maith an sàmhlaidh so à bha air a labhairt le Rabbi Iohanan ; " Seallaidh mile neach air dealbh duine a tha air a ghearradh ann an cloich, is their gach aon dhiubh, ' Is ann ormsa a tha sùilean an duine a' sealantuinn.' Sin mar tha Dia ; tha a shùilean a' sealantuinn air gach duine ann an Israel, ag ràdh ris, ' Is mise do Dia.' "

### An Ràidheachan Soisgeulach

Tha Fear-deasachaidh an Ràidheachain so, an t-Ollamh Dòmhnull Mac Gill-Eathain, an Collaist na h-Eaglaise Saoire, agus na daoine foghlumite eile a tha 'g a chuideachadh, a' deanamh obair mhaith le bhi a' dion a' Chreidimh o sheòrsa sgoilearan a tha car coma ciod an cròn a ni am beachdan do'n eaglais, ma tha na

beachdan sin neònach agus ùr. Gu fortanach tha sgoilearan glic a' tomhas am briathran gu cùramach an uair a labhras iad air nithean diomhair, no air nithean mu nach urrainn dhaibh a bhi cinnteach, ach tha feadhainn eile ann a tha daonnan an dùil gur ann mar is iùire beachdan air bith is fire iad. Tha e maith do'n eaglais agus do'n dùlhaich gu'm biodh an seòrsa sin air coinneachadh riu ann an argumaid le sgoilearan a tha cho maith riu fhéin, ach a tha na's cùramaiche nach bi cròn air a dheanamh do'n Chreideamh Chriosduidh le beachdan anabuich, no le beachdan gun bhun, gun bhàrr.

Anns an àireamh mu dheireadh de'n Ràidheachan tha sgoilearan as an Olaint, á Paris, á Canada, as a' Ghearmailt, a' sgrìobhadh mu chuspairean air a bheil iad mion eòlach, ach air nach urrainn mi tòiseachadh air bruidhinn an dràsd air an duilleig so. Ach bu mhaith leam taing a thoirt do'n fear a chuir chugam an Ràidheachan, agus mo bheannachd do'n obair a tha e a' deanamh.

### Dòmhnull Mac Fhionghuin

Chaochail am ministear maith agus am ministear soisgeulach so, ministear Chumlodden, air a' mhios a chaidh seachad. Tirisdeach a thaobh a dhùthchais, b' e Steòrnabhagh a' cheud àite anns an robh e air a shuidheachadh, an 1897 ; á Steòrnabhagh chaidh e do Gleann Garaidh an 1903 ; á Gleann Garaidh chaidh e do Chill-Naoinein, am Muile an 1909 ; á Muile chaidh e do Mhilton an Glaschu an 1914 ; á Glaschu chaidh e do Asaint agus á Asaint do Chumlodden, far an do shiubhail e. Bha e 'na sheann duine; a' dol air ais 'na shlàinte o chiorn bhliadhnaagan, ach an làithean òige bha e deas agus dìchiollach 'n a obair agus 'n a shearmonaiche maith.

## Earbsa Ann an Dia

**T**HA mo thurus roimh 'n fhàsach a nis gu bhi réidh  
Thainig feasgar mo làithean is deireadh mo ré  
Ach aidichidh mi leis gach taingealachd cridh'  
An fhad so, a Dhia, gu 'n do chuidich  
thu mi.

'S tric a shearg mi fo euslaint 's a ghuil mi fo bhròn  
'S tric a għluais mi gu deurach gun éideadh,  
gun lòn  
Ach dh' earb mi á Dia anns gach deuchainn is dith  
'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

'S ioma caraid bu chaomh leam a dhiobair, 's a thréig  
'S ioma dòchas a b' ait leam a mheall mi le cheilg  
Ach do chàirdeas-sa sheas anns gach doilgheas is strith  
'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

Agus seallaidh mi romhan, is gabhaidh mi beachd  
Air gach deuchainn is ànradh tha fathast ri teachd  
Ach m' anam fo gheilt no fo imcheist cha bhi ;  
Oir an Dia nach do dhiobair, cha diobair e mi.



## Eagal agus Earbsa

*"S an là air am bi eagal orm, earbaidh mi asad-sa."*—SALM lvi., 3.

AN uair a sgriobh an Salmadair an t-salm so bha e ann an éiginn chruaidh ; bha e air a chuairteachadh le nàimhdean lionmhòr, ach dh' earb e e-féin ri Dia, agus thilg creideamh eagal a mach as a cridhe.

Tha a air a ràdh gur e Daibhidh a rinn an t-salm sò an uair a bha e air faondradh ann an Gat, far an do theich e as a dhùthchaich féin, an dòchas nach aithnicheadh na Philistich e. Ach leag iad amharus air agus los a bheatha fhaotainn leis as an làmhan leig Daibhidh air gu robh e as a chiall ; nach robh ann ach duine gun chron.

Co dhiu a tha sin fior no nach 'eil tha e soilleir gu leòir gu robh an t-salm air a sgriobhadh le duine diadhaidh a bha 'na éiginn, agus mar sin tha i glé fhreagarrach dhuinn uile anns na làithean dorcha so, làithean anns am faod sinn a ràdh mar thubhairt Iob, "An ni roimh an robh eagal orm thachair e dhomh ; agus an ni roimh an robh mi fo uamhunn thàinig e orm."

Is i so uair cumhachd an dorchadais anns an t-saoghal, oir tha rioghachdan Criosduidh na Roinn-Eòrpa air tòiseachadh air a chéile a mharbhadh ann an cogadh umhasach a dh'fhaodas dol air aghaidh fad bhliadhnaich. Aig an Tighearna a mhàin a tha fhios c'uin a sguireas e, no ciod an ceann crìche a bhios aige, ach ciod air bith a' chrìoch a bhios aige thig call searbh air an dùthach 'n a lorg, call dhaoine agus call codach. Gabhaidh call ar codach leasachadh ri ùine ach cha tig am marbh beò. Bidh dàil ri fear-feachda, ach cha bhi dàil ri fear-lice. Ann an Leòdhas cheana chualas caoidh agus gul agus bròn ro mhór, màthraichean a' caoineadh an cloinne, a chionn nach 'eil iad beò.

### Fàth eagail.

Chan 'eil duine tùrail anns an dùthach an diugh air nach eagal, eagal roimh 'n chunnart anns a bheil an rioghachd, ach cha chòir dhuinn leigeil leis an eagal sin gealtairean a dheanamh dhinn ann an là ar deuchainn. Bu chòir dhuinn ar n-ùrnugha a dheanamh ri Dia nan nèamh, mar rinn Nehemias, agus a ràdh ri Dia 'n ar n-ùrnugha, "S an là air am bi eagal orm, earbaidh mi asad-sa." Cho fad 's is léir do mhór-shluagh na dùthcha so thòisich an rioghachd air a'

chogadh le coguis ghlan oir chan ann air ghaol buannachd a tharruing i an claidheamh, no a chionn nach robh faidhidinn aig ar luchd-riaghlaidh, ach a chionn gu robh muinntir na rioghachd uile a' faicinn gu'm feumadh iad uair no uaireigin seasamh an aghaidh na Gearmailte a bha a' maoidheadh gun sgur air a h-uile coimhairsnach a bu laige na i féin. Cha bhi sìth gu bràth am measg choimhairsnach ma dh' fhaodas am fear làidir a chuid a thoirt o'n fhear lag. Chan e ar luchd-riaghlaidh a rinn an cogadh so an aghaidh toil an t-sluaigh; is e an sluagh fhéin a thug air ar luchd-riaghlaidh seasamh ri Hitler, a chionn gu'm b' fheàrr leò an t-uamhas a bha a' bagradh air an t-saoghal fhaotainn seachad seach a bhi fo eagal gun sgur, le sgaoim cogaidh thairis orra a h-uile bliadhna. Eadhon ann an cogagh is maith do mhuinntir an aim coguis ghlan a bhi aca.

### Dia ar teàrmunn.

Ach chan ann air cùisean na rioghachd a bha mi air son bruidhinn an uair a shocruich m' intinn air an fhacal a thubhairt an Salmadair ach air an fheadhainn sin am measg ar luchd-leughaidh air a bheil ionguin agus eagal anns na làithean so a chionn gu bheil gilleán òga a bhuiteas dhaibh an cunnart bàis anns an Fhraing no air a' mhui. A là agus a dh' oidhche tha an smuaintean timchioll air an fheadhainn a tha air falbh, gun fhios aca ciod an là no an uair a dh' fhaodas iad sgeul nan creach a chluinntinn. Ciod is urrainnear a ràdh riu ach iad a bhi faidhidinneach agus misneachail, agus an earbsa a chur ann an Dia, ag ràdh riu féin mar thubhairt an Salmadair ann an là a theanntachd.

'S an là air am bi eagal orm  
Earbaidh mi asad-sa.

Tilgidh creideamh a mach eagal cho fad 's a ghabhas sin deanamh, agus is e an aon dòigh air ar creideamh a mheudachadh ar n-intinn a shocruachadh air Dia ; air a ghràdh, air a ghliocas, air a rùinteann caomhail. An uair a ni daoine sin fiosraichidh iad 'n an cridhe féin gur fior am facal a thuirt an Salmadair, "Ann an lionmhòrachd mo smuaintean an

taobh a stigh dhiom thug do chomhfhurtachd -sa sòlas do m' anam."

An uair is urrainn neach a ràdh mu Iehobhach, "Is e mo thearmunn, agus mo dhaingeach; mo Dhaia anns an cuir mi m' earbsa," tha e cheana air a shaoradh o phlàigh an eagail, a' phlàigh a tha a' bualach dhaoine anns an oidhche gu sòraichte.

Chan atharraich ar creideamh, no ar n-earbsa ann an Dia, cùrsa a fhreasdail ách atharraichidh iad sinn féin, air chor agus gu'n gabh sinn ri cùrsa an fhreasdail gun ghearan. "Bi d' thosd an làthair Iehobhach, agus feith le foidhidinn air." Is e so an iocshlaint éifeachdach a léighseas an cridhe goirt agus a bheir neart do dhaoine an uair a tha

an anam fo àmhghar. "Tha sinne a chreid," ars an t-abstol, "a' dol a steach do'n fhois sin." Chan e mhàin gu bheil Dia a' toirt fois d'a shluagh aig uair am bàis, ach tha e a' toirt fois dhaibh anns an àm so a ta làthair; tha iad foisneachail anns an Tigh-earna, agus tha sith is lànachd sith 'n an cridhe, eadhon ged bhiodh bròn agus sgàil a' bhàis mu'n cuairt. So an toradh maith a bheir earbsa dhiadhaidh a mach ann an duine, ni e sàmhach, agus ciùin; agus faidhidinneach e.

Cha ghabh mi gealtachd uime sin  
's am feasd chan eagal leam  
Na dh' fhaodas feòil a dheanamh orm  
de lochd, le iomairt theann.

## Anns a' Chathair

ANNS an àireamh mu dheireadh rinn mi iomradh air duine a rinn gnìomh uasal agus gaisgeil, agus bu mhaith leam leantuinn air an t-seanchas sin auns an àireamh so, oir is fheàrrd sinn uile beagan mhionaidhean a chur seachad ann an comunn dhaoine gaisgeil.

Chan 'eil àite air an t-saoghal anns am faighean barrachd gaisgealachd an diugh na gheibhear air a' chuan am measg sheòlad-dairean, na daoine ris an abradh an Salmadair "iadsan a théid sìos do'n fhairge air longaibh, a ni obair air uisgeachaibh móra."

Tha seòrsa dhaoine ann a chuireas an fhairge goirisinn 'n am feòil; tha eagal aca roimhpe, agus is e an éigin a chuireas oirre iad, ach tha a clann féin aig a' mhuir, clann air a bheil tarruing aice mar a thàirngeas a' chlach-ìùil an t-snàthad. Eadhon ann an làithean sithe tha a' chlann sin a' fulang fuachd is anastachd a chuireas dearbhadh air an cruadalachd, ach an àm cogaidh tha fichead cunnart ùr aca mar choimhleapaich a là 's a dh'oidhche a thuilleadh air cunnartan nàdurra a' chuain.

Ged nach abrar seòladairean ris na h-iarsairean theagamh gur ann am measg nan iarsairean a gheibheadh tu na sgioinairean agus na sgioibaidhean a rinn na h-euchdan a bu ghaisgeileair an cuałasiomradh anns a' chogadh mu dheireadh, agus anns a' chogadh so féin an uair a dh' fheuch na Gearmaitlich ri cridhe muinntir Bhreatuinn a mheatachadh le méinnean cunnartach a chur ann an seòlaidean tana dlùth do'n chladach thraigd à chéind bàta-iarsaich agus dà mhile iarsgair iad féin ann an aon là, gus na meinnean sin a sguabadh as an rathad. Ciod a theireadh

tu ri daoine de'n t-seòrsa sin ach gur daoine gaisgeil iad!

\* \* \* Ach is ann a tha mo naidheachd air Godfrey Herbert D.S.O., a bha 'n a chom-anndair air bàta-fo-thuinn (submarine) m' an do thòisich an cogadh mu dheireadh, duine air an deachaidh caol theàrnadh o'n bhàs barrachd uairean na chaidh air duine eile air an cuala mi iomradh riagh.

Tha na bàtaichean-fo-thuinn na's sàbhailte an diugh na bha iad an toiseach, ach air cho innleachdach agus cho cinnteach 's 'ga bheil an t-slige agus an acfhuinn annta air an deanamh tha cunnart annta daonnan. Ann an 1910 cha robh dithis eile ann an Cabhlach Bhreatuinn a b' fhèarr a bha suas ri bàta-fo-thuinn oibreachadh na Godfrey Herbert agus an comanndair a bha as a chionn, Màrtainn Nasmyth, a chaidh suas ann an 1915 troimh chaolas cumhang nan Dàrdanelles, caolas anns a bheil sruth làidir, agus a bha air a dhion le gunnacha-móra air gach taobh agus le méinnean a bha air an acrachadh ann gu tiugh. Ach theab an dithis a bhi air am bàthadh, no air an tachdadh am broinn bàta-fo-thuinn, dlùth do Phlymouth, agus iad a mach còmhla, a' feuchainn innleachd úr air chor-eigin. An uair a chaidh i fodha chan éreadh i; rinn i seassamh-claidheimh air ùrlar na mara ann an dòimhneachd sè aitheamh dheug, ach gu fortanach chaidh aca air a h-aotrunmachadh agus air a toirt an uachdar m'an robh iadair an tachdadh le gas.

A' cheud bhàta-fo-thuinn a chaidh riamh cho fada air falbh ri China, 's e Godfrey Herbert a thug a mach i ann an 1911; turus dheieh mile mìle. Tha cuimhne

agaibh air a' bhòilich a rinn na Gearmailtich ann an 1916 an uair a ràinig té de na bàtaichean-fo-thuinn aca cladach America, astar as lugh a na'n t-astar a tha eadar Portsmouth agus Hong-Kong.

Aig toiseach a' chogaidh (1914-18) bha trì fichead 's a ceithir de bhàtaichean-fo-thuinn aig Breatunn eadar bheag agus mhór, ach a thaobh 's gu robh soithichean-cogaidh na Gearmailte air an cumail anns na puirt, agus nach robh na soithichean-marsantachd aice idir a' cuan, cha robh uiread cothrom aig sgiobairean nam bàtaichean-fo-thuinn againne air an seòltachd a chur an gniomh 's a bha aig na Gearmailtich. Ach air a shon sin bha sgiobairean maith againn ; Cecil Talbot ; Max Horton ; Francis Goodhart ; Mártainn Nasmyth ; Godfrey Herbert, agus feadhainn eile de'n t-seòrsa sin a dhearbh an teòmachd agus an gaisgealachd m'an do sguir an cogadh.

#### A cheud urchair.

Tha mi an dùil gur e Godfrey Herbert a' cheud fhear a loisg torpedo air soitheach-cogaidh Gearmailteach. Bha e dlùth air eilean Heligoland an uair a chunnnaic e soitheach-cogaidh mór anns an robh ceithir luidhearan à dol seachad mar shia ceud slat dha, cho dlùth 's gu'n saoileadh tu gu'n tilgeadh tu coinean aig an astar, ach gu'm-shealbhach cha d'amais e i, ged a loisg e dà thorpedo. Chan e sin a mhàin ach theab e an iùbhrach aige féin a chall, oir a cheart cho luath 's a chunnacas sgriob na torpedo air an fhairge bha na trì abhagan beaga a bha falbh leis a' bhàta mhór air a mhuin, is thòisich iad air iasgach le lìn agus leis gach seòrsa dhubhan a bha aca.

Ach cha b' ann aige-san a bha a' choire ach aig an fheadhainn a bha a' deanamh nan torpedos. An déidh làimhe fhuaireadh a mach gu robh na torpedos a bha air an toirt do na bàtaichean-fo-thuinn aig toiseach a' chogaidh dà fhichead punnd na bu truime anus a' cheann na'n fheadhainn-fheall a bhiodh iad a losgadh air targaid roimh 'n chogadh. Bha làmh chinnteach aig Herbert, is r.mn e e féin cho coimhlionta anns gach ceum d'a obair 's gu'n rachadh aige air amas air a' chomharradh daonnan, ach an là ud, a thaobh 's nach d'inseadh dha gu robh an torpedo na bu truime anns a' cheann, chaidh i seachd troighean deug fo dhruim a' bhàta ged bha i direach fo a teis-meadhoin. Cheartaich an Admiralty so an déidh làimhe.

#### Aig Heligoland.

Ach ma bha e dlùth do'n bhàs ann an

August ann am bàgh Heligoland bha e na bu dlùithe dha ann an November aig *Harwich*, an Sasunn, an uair a thàinig còig no sia de shoithichean-cogaidh na Gearmailte à nall gu cladach Shasuinn anns an oidhche, agus a loisg iad dararaichean ann am beul an latha air baile no dhà an taic a' chladaich. Bha iad air son na soithichean againne a tharruing as an déidh an dòchas gu'm biodh feadhainn dhiubh air an call le méinnean a chuir iad a mach anns an oidhche.

Chaidh a h-uile bàta a bha ann an *Harwich*, beag no mór, as an déidh, agus 'n am measg Godfrey Herbert ann an D-5, a' falbh air uachdar an uisce. Ach gu mì-shealbhach bhuail i mèinn a rinn dà leth oirre, is chaidh i fodha ann am mionaid. Bha a' chuid bu mhòtha de 'n sgiobadh air am bàthadh, ach chaidh aig Herbert agus aig còignear eile air snàmh gus an robh iad air an togail le bàta-iasgaich. Bha a' mhàduinn fuar, agus tulgadh maith fairge ann, ach gus e féin a dheanamh cho aotrum anns an uisce 's a b'urrainn dha chuir e dheth, agus e cheana air an t-snàmh, a bhòtainnean-móra, a chòta-mór, a dheise-mhara, agus gloineachan a bha mu amhaic. Cha b' e duine gun smuais ann a dheanadh sin. Chuidich e le aon no dhà eile a bha an neart a' failneachadh cumail an uachdar gus an tàinig cabhair orra.

#### Na bàtaichean-diomhair.

Ann am meadhon a' chogaidh bha e greis mhaith anns na bàtaichean-diomhair air an robh gunnachan air am folach, agus a bha dol a mach an riochd bhàtaichean-bathair gun armachd, ged bha iad air an cur a mach a dh' aon ghnothuch a shealg bàtaichean-fo-thuinn na Gearmailte. Dh' atharraicheadh na bàtaichean ud an cruth agus an coltas ann an aon oidhche ; cha robh innleachd a b' aithne dhaibh nach cleachadh iad gus an car a thoirt as an nàmhaid, agus a thoirt orra a chreidsinn nach robh anna ach seana tubachan a bha a' giùlan guail, no co dhiubh bàtaichean neochiantach gun gunnachan roimh nach ruigeadh iad a leas eagal a bhi orra.

Bha Godfrey Herbert ann an té dhiubh so ann an 1915, bàta air an robh an t-ainm *Baralong*. Eadar April agus August sheòl e deich mile mile, sios is suas, siar air Eirinn, ach faid na h-tùine chan fhaca e gin de bhàtaichean na Gearmailte ged a bha iad a deanamh cron gu leòir. Aon là ann am meadhon August chuir iad fodha ochd de na bàtaichean againne (còig is dà fhichead mile tunna) eadar Eirinn agus na h-Eileanan *Scillies* ; am bàta mór agus am bàta breagh,

an *Arabic*, anns an robh móran air an call, 'n am measg. Cha robh am *Baralong* fada air falbh o'n àite anns an robh iad air an cur fodha ; aig trì uairean 's an fheasgar ruith am fear a bha ag oibreachadh an *radio* suas far an robh Herbert air an drochaid, a dh' innseadh dha gu robh bàta eile air fios a chur a mach gu robh i 'n a h-éigin agus dà bhàta-fo-thuinn *Gearmailteach* an sàs innte.

Dh' atharraich am *Baralong* a cùrsa ; rinn i direach air an àite anns an robh dùil aice gu'm faiceadh i an té eile, agus ceart gu lèoir ann an uair a dh' ùine faicear an *Nicosian*, agus na daoine air a fàgail ann an geòlachan. Chunnaic iad am bàta-fo-thuinn dlùth dhi, a' gabhail seallaidh oirre, agus a' cumail sùil gheur air an té eile a bha a' tighinn chuca. Bha bratach America aig Herbert ri crann na *Baralong*, is chuir e suas bratach-shanais eile a dh' innseadh do na *Gearmailtich* gu robh e air son sgioba na *Nicosian* a shàbhaladh.

### Obair gharg.

Ach gus an naidheachd a ghiorrhachadh, cho luath 's a fhuaire e an *Nicosian* eadar e agus am bàta-fo-thuinn leig e sìos na clìathaichean-búird agus an canabhas a bha a' foluch nan gunnachan, chuir e suas bratach Bhreatuinn, agus bha e deas gus làdaichean a thoirt do U-27 an uair a thigeadh i am fradharc fo dheireadh na *Nicosian*. A réir choslais bha commanndair na U-27 cinnteach gur e bàta gun ghò le America a bha innte, oir lean e air losgadh air an *Nicosian*, agus dùil aige nach robh dad air aire na *Baralong* ach faotainn dlùth do na geòlachan anns an robh na daoine.

An sin thòisich obair gharbh is gharg, obair a bhiodh sgreataidd na'n do rinneadh i am fuil fhuar. Ach bha Godfrey Herbert agus an sgioba a bha leis air an cur chuire gu mór, a' faicinn agus a' cluinniunn mu bhrùidealas nan *Gearmailteach* a bha a' cur fodha bhàtaichean gun rabhadh, agus gun chothrom a thoirt do dhaoine am beatha a thoirt asda.

Leis an dara làdach thug am *Baralong* a buille-bhàis do U-27, ach gus a bhi cinnteach chuir i ceithir làdaichean deug air fhichead innte. Cha do loisg am bàta-fo-thuinn ach aon urchair oirre-se, is cha d'amais i air a' *Bharalong* leis an té sin fhéin, ged nach robh iad ach sé ceud slat o chéile. Bha a' chuid bu mhòtha de na *Gearmailtich* air am marbhadh am broinn a' bhàta, is chaidh iad sìos do'n ghrinneal 'n an ciste-mhairbh iaruinn. Ach leum feadhainn dhiubh a mach air a' mhuiir, is dh' fheuchiad ri streap

suis do'n *Nicosian*, los iad féin a shàbhaladh anns a' bhàta a dh' fheuch iad ri chur fodha. Loisgeadh orra anns an uisce, agus an fheadhainn a fhuaire air bòrd, bha iadsan air am marbhadh cuideachd.

Bha an obair garg gun teagamh, ach an déidh làimhe thubhaint Godfrey Herbert gur e an t-aobhar i bhi cho garg, gu'n robh e féin agus a dhaoine teth le corruiach aig an am, gu'n robh rabhadh air a thoirt dha gu robh bàta-U eile dlùth dhaibh, agus nach robh fhios aige nach feuchadh na *Gearmailtich* a gheibheadh a steach do'n *Nicosian* ris na cnagan a thoirt aisdè agus a cur fodha seach i a bhi air a toghadh gu tir leis na Breataunnach. Thogh e i gu Avonmouth, is shàbhail e och ceud muileid a bha glé fheumail anns a' chogadh.

### Airgied-cinn air.

Co dhiu ràinig an naidheachd a' *Gearmailt* is rinn iad ùb-àb mu bhrùidealas agus an iochdmhorachd nam Breataunnach nach cualas riamh a leithid. Chuir iad pris air ceann sgiobair na *Baralong*, ach air eagal gu'm faigheadh iad a mach cò e, thug an *Admiralty* mar aim air, Uilleam MacBrìghde, agus fad a' chogaidh tuilleadh bha iarraidh aig na *Gearmailtich* air Uilleam MacBrìghde.

Chuir am *Baralong* fodha bàta-U *Gearmailteach* eile an ceann chòig seachduinean, ach cha robh Godfrey Herbert innte air an turus sin, oir chuireadh e air son a shlàinte do bhàta eile a bha a' seòladh air a' Mhuir-mheadhoine.

Glé thràth anns a' chogadh chuir an Comanndair Wegener, a bha ann an U-27, a chuir am *Baralong* fodha, torpedo ann an té de na soithichean-fo-thuinn againne, is rinn e dà leth oirre, ach cha d'fheuch e ri duine de'n sgioba a shàbhaladh.

Chan urrainn mi innseadh an dràsdu m'n chaol theàrnadh a chaidh air Herbert trì uairean eile ann am Bagh Heligoland agus anns a' chuan a Tuath, na h-àitean-iarsgaich anns am b' fheàrr leis a bhi ach b' e an teàrnadh a bu chaoile a chaidh riamh air gu'n d' fhuair e a bheatha as a' bhàta-fo-thuinn K-13, a chaidh fodha anns a' *Gheàrr-loch*, air Cluaidh.

### Anns a' Gheàrr-loch.

Theagamh gu bheil cuimhne aig cuid de na leughas an duilleag so air an ionguin agus air an eagal a sgaoil air feadh na dùthcha an uair a chualas gu'n deachaidh am bàta ùr K-13 sìos anns a' *Gheàrr-loch*, agus gu robh i shios fad na h-oidhche gun éirigh. Tha cuimhne agam-sa an diugh fhathast air

m' eagal agus m' fhaireachduinean féin a h-uile mionaid de'n t-seachduin ud.

Bha i air a togail an gàrradh *Fairfield*, an *Govan*, is bha an t-slige cho maith agus a h-uile ball de'n acfhuinn cho finealta agus cho innleachdach 's gu robh *engineers* Chluaidh anabarrach móir aisde, ach an uair a bha Godfrey Herbert (a bha ri bhi 'na chomanndair oirre) agus Francis Goodhart agus feadhainn eile air an cur do Ghlachu a chur deuchainn mhaith air a' bhàta m' an gabhadh an *Admiralty* thairis i o'n fheadhainn a thog i, h' éirich an tubaist ull dhi, direach mar dh' éirich e do'n *Thetis* o chionn ghoirid.

Bha ceithir fichead duine inntte eadar a sgioba féin agus na daoine sgileil a thog i, agus a h-uile duine de 'n cheithir fichead suas ri ghnothuch, ach air dhòigh air choreigin bha dorus air fhàgail fosgailte a bu chòir-a bhi dùinte, is bhruehd an fhairge a steach, is laigh am bàta air leaba phuill as nach b' urrainn dhaibh a carachadh. Mar gu'm biodh *Neptune* móir na fairge, dia eundhor a' chuin, a' magadh air mac an duine agus ag ràdh ris, "Shaoil thu ann an uabhar t'eanchainn agus d'innleachdais gu'n do chiosnaich thu na dùilean, ach feuch ort a nis!"

### An gnìomh gaisgeil.

Rinneadh na ghabhadh deanamh a shàbhalaigh nan daoine bho thèr, ach bu

bheag sin. An uair a dh' fhairtlich gach ni eile air an fheadhainn a bha air bòrd inntte chuir Godfrey Herbert agus Francis Goodhart romhpa gu'm feuchadh iad ri cabhair a dheanamh air càch le am beatha féin a chur an cunnart, agus gu'n leigeadh iad leò féin a bhi air an tilgeadh a mach aisde troimh tholl cumhann mar gu'm biodh peilear air a thilgeadh á gunna. Chan urrainn mise an rud a mhíneachadh gu soilleir dhuit, ged tha seòrsa de thugisinn agam air, 'n am inntinn féin, ach co dhiù saoilidh mì nach bu mhaith leat a bhi air do chur mar chuirean ann am baraile gunna agus air do thilgeadh as le spionnad is spreadhadh eagallach.

Sin mar rinn an dithis ud orra féin air sgàth chàich. Bha Goodhart air a mharbhadh gun sgri l ann, ach dh' éirich Herbert gun dochann mar gu'm biodh àr an no bolla a' tighinn an uachdar. Agus o'n mhionaid a dh' éirich e ghabh e comand, agus air a cheann mu dheireadh thug iad sia agus dà fhichead duine a mach aisde beò.

Ach ged chaidh am bàta ud air ais do ghàrradh *Fairfield* a rìs, agus ged bha a h-ainm air atharrachadh, cha robh rath maith oirre riamh. Tha bàtaichean ann anns a bheil deamhan air choreigin a' dol a steach o'n là a chuirear air sàil iad. Ma tha bean dhùr aig duine chan fhaod e a cur bhuaith, ach ma tha bàta no each dùr aige bhiadh e glic dha an cur bhuaith cho luath 's is urrainn dha.

## Ciod is leibh

(*Mineachadh air 1 Corint. iii.*)

*Leis an Urramach Calum MacGilleathain, M.A., an Drochaid Chonainn*

'S e còmhstù a bha eadar dreamanna sònraichte an Corint a dh'aobharaich gu'n do għluaiseadh Pòl le Spiorad an Tighearna a chum a' chaibideal so a sgrìobhadh air tùs. Ciod air bith a tha fir mu roinnean eile, bha roinnean Chorint o'n duine nàdurra. Bha luchd nan roinneau "feòlmhor." Agus rud a bha bochd gu leòir 's ann air sgàth dhaoine bha iad roinnte. Agus na daoine sin b'aon dream iad, muimntir a bha a' còmh-oibreachadh maille ri Dia. Cha b'ann a shearbadh a thàimig iad, Pòl agus Apollos agus Peadar, ach a thional agus a thogail. Tha Pòl ag amhare air an cuid saothair mar gu'm biodh dà nì aca 'ga dheanamh, àiteach agus togail aitreibh. Tha fear a' cur agus fear ag uisgeachadh. Tha fear a' leagail bunaite agus fear eile a' togail air a' bhunait sin a leagadh. 'S e Criosd a' bhunait. Agus 's e bhith searmonachadh Chriosd no a bhith searmonachadh an t-Soisgeil leagail

na bunaite. Sin an obair a rinn Pòl araon an Corint agus an Galatia; shearmonaich e Criosd agus Criosd air a cheusadh, agus rinn e a' chuid sin cho dichiollach agus cho dùrachdach agus gu'n do shaoil e gu'n do chuir e Criosd agus esan air a cheusadh mar gu'm b'eadh mu choinneamh an sùilean, mar gu'm biodh aca sgeul mhór shoilleir air balla air am beulaibh.

Bha daoine eile a' togail air a' bhunait. Agus cha b'ionnan obair aig gach fear, oir bha cuiid a chuir nithean luachmhor an sàs 'san aitreibh, agus bha cuiid eile nach do chuir inntte ach nithean beaga agus nithean aitromta.

Gach neach a tha air a' bhunait tha e an àite cinnteach, seasmhach. An ti a chreideas an Criosd teàrnar e. Sin sgeul mhór aoibhinn an t-soisgeil. Ged nach d'fhuair an gaduiche air a' chrann móran tim gu bhith cur no buain, gu bhith ri saoirsneachd no elachair-

eachd ; fhuair e saorsa agus teàrnadh, ach a bharrachd air a' chreideamh iongantach sin agus a' mhuinghin sin a bha aige, aig uair is àm a bhàis, an Iosa Criod cha robh cosnadh no buannachd ghràsmhor mar thoradh obrach ann. Agus cho maith ri sláinte tha luach saothreach aig Dia fa chomhair deagh obair mhaith luachmhòr dhiongmhalta. Tha daoine ann ris an canar fa dheòidh "Na deagh sheirbhisich." Aidicheadh an saothair. Chan 'eil an Tighearna leth-bhreitheach.

Ach is còir do dhaoine bhith deanamh mórr-ghàirdeachas anns na nithean móra coitchionna a bhuineas do na h-uile ; agus bu chòir gu'n tugadh na nithean a tha coitchionn aig dhaoine dhaoine gu chéile. Feuch mar a tha na nithean a tha againn mar chuibhrionn choitchionn 'san t-saoghal 'g ar tarruing gu dàimheil càirdeil gu càch a cheile ; ar cinneadh, ar cànan, ar baile, agus móran eile 'san t-saoghal, is maith iad gu bhith 'g ar cur cuideachd le saorsa na dàimhealachd. Bu mhi-bhuileachadh dhuinn e orra sud gu'n deanadh a h-aon aca a chaochladh oirnn. Agus is mi-bhuileachadh e air tròcairean eugsamhul Dhé gu'm biodh tiobhlaican Dhé, an neach no an nì, a' deanamh sgaraidh far am bu choir daibh tèadhadh a dheanamh. Smaoinich Pòl a' tighinn eadar Criodsaidh agus Criodsaidh !

Bidh dhaoine uaireannan a' deanamh àireamh is cunntas air an cuid de'n t-saoghal; an uidhir so de chaoirich, an uidhir so de chrodh ; bàta is lin, uidheam treabhaidh is uidheam iasgaich ; an uidhir so 's a' bhanca, agus an uidhir so gu tighinn a stigh de chosnadh ; luach an tighe so, agus luach sid is so, a réir nan nithean 's a bheil maoin shaoghalta an duine a' comhsheasamh. Ach cò riamh a chuala leithid na comh-àireamh a bha aig Pòl ach anns an t-soisgeul a mhàin ? Is leibhse, arsa esan, na h-uile nithean. An t-iomlan, ma is àill leat. Seadh agus Pòl, agus Apollos, agus Cephas, agus an saoghal, agus beatha, agus bàs, agus na nithean a tha làthair, agus na nithean a tha teachd ; is leibh an t-iomlan ; agus is le Criod sibhse ; agus is le Dia Criod.

"Ma's leibh Criod is leibh na h-uile nithean." Chan e cuid leis an fhear ud, agus cuid eile leis an fhear ud eile ; a' chuid ud aig an dream ud, agus a' chuid nach 'eil aca-san aig càch. Chan e, ach a h-uile cuid aca uile, agus an t-iomlan aig gach aon !

"S ann mar so a ghràdhaich Dia an saoghal," arsa an Tighearna Iosa ; agus arsa Pòl "Ghràdhaich e mise." An uair a chuir Dia a' ghrian 's na speuran thug e a' ghrian gu h-iomlan do gach duine is bed-

chreutair, seadh agus do lusraidh na talmhainn, agus do na clachan. An là a dh' éireas a' ghrian ort is leatsa i gu h-iomlan ; ach is le do choimhearsnach i gu h-iomlan mar an ceudna. Agus tha an nì is feàrr a tha ann, an nì tha aig an Eaglais mar shláinte an Iosa Criod, mar sin aig na h-uile is le Criod, agus aig gach aon is le Criod.

Faodaidh e bhith nach 'eil an aon luach aig duine 'ga thaicinn anns gach nì is leis. Tha rudeigin a' deanamh aon nì sònraichte luachmhòr 'na shealladh, agus tha daoine ann agus chan e an nì is daoire is mûirneach aca ach nì eile, agus na 'm biodh còmhradh aige bhioidh sgeul aige.

Is iomadh nì luachmhòr a bha aig Augustin, ach so na ceithir a bha aige-san a bha toirt mórrhoil-inntinn dha. (a) "Criod slàn agam, mo shláinte." (b) "Biobull slàn agam, mo lorg." (c) "Eaglais shlàn agam, mo chuid-eachd." (d) "Saoghal slàn agam, mo sgìre." Bha daoine an Corint agus bu "le Criod" iad, ach cha robh càch ach le Peadar is le Pòl! Bha iad ann agus "bu leò Criod," agus chan fhàgadh iad aig càch ach Peadar! Gidheadh ma bha Criod 'na lànachd aig Augustin cha do dh' fhág sin Eòin gun an dearbh lànachd sin aige fhéin. "Fhuair sinne uile."

Tha daoine anns an t-saoghal agus saoilidh iad gur leò fhéin am Biobull, agus chan fhág iad ('n am beachd) aig càch ach fuidheall Biobuill. Ach co leis am Biobull ach leis a h-uile fear a leughas e agus a ni feum mhaith dheth ? "Feuch am bata th' agam," arsa fear ri duine diadhaidh agus e dall. "O," arsa an dall, "tha bata agamsa is feàrr na do bhata—Mo lorg's mo bhata treun."

"Tha mi creidsinn 's an Eaglais Naoimh Chaitliceich." C'àite a bheil i ? Is iomadh àite sin, ach gu h-àraigd an Leabhar na Beatha aig an Uan. Is iomadh àite an robh i, agus is fada o chéile na h-àiteachan anns a bheil i, agus is iomadh linn a chunnaic i, Eaglais Chriosd. "Tha," arsa bean bhochd agus i aonaranach agus air a ceangal ris an leapaidh, "tha Eaglais Chriosd anns gach àite ag ùrnuigh air mo shon-sa."

Bha iad a' cur air bodach àraigd gu'n do chuireadh ceist air dé cho farsuinn agus a bha ùrnuigh a' dol, agus gu'n d'thuit e. "Cho farsuinn ri criochan a' bhaile." Chan 'eil cuid de ar bailtean ach beag co dhiu. 'S e am facal a bha aig Iain Wesley a bha aig Augustin, "S e an saoghal mo sgìre-sa." Ach cò a thug am facal sin daibh le chéile air tùs ? Cò ach Iosa Criod. "Im'chibh air feadh an t-saoghal uile agus searmónachibh an soisgeul do gach dùil."

# Anns a' Choille Bheithe

MA chuir peirceall na caorach an crann air an spàrr tha an cogadh air a thoirt a nuas a rìs ; a h-uile taobh an téid mi chi mi no cluinnidh mi *tractor* ag obair ann an achaidean nach robh air an treabhadh o chionn fichead bliadhna. Na'm b'e aobhar eile ach an cogadh a thug air na tuathanach an talamh a thionndadh, bu mhaith an gnothuch e, ach an rud a thig leis an t-sruth falbhaidh e leis an t-sruth, is tha amharus agam nach leanar air an treabhadh ach cho far's a mhaireas an cogadh.

Tha agamsa ri acharadh de'n ghlòib a threabhadh cho maith ri m' chiomhairsnaich, ach ged bhiodh e na bu shaoire dhomh an obair sin a dheanamh le *tractor* seach le eich, is fheàrr leam gu mór a bhi sealntuinn air seisreach a' gluasad le ceum stàtail air mo ghrunnnd na bhi cluinntinn casdaich an *tractoir* sios is suas air an dail, fuaim neònach an àite-dùthcha.

A thuilleadh air sin ni paidhir each obair as grinne air an t-seòrsa gruinnd a tha agamsa na dheanadh *tractor*, agus is fheàrr leam grinneas na luathas. Ach annan grunnd làdir righinn, riastg anns a bheil luachair, no seileastar, no bunan-fraoich, no rainneach a' fàs, ni an *tractor* obair na's fheàrr na dheanadh treabhaise air an t-saoghal. Ma's aithne do'n fhear a tha 'g a oibreachadh a gnothuch ; ma's aithne dha na croinn a shuidheachadh ceart, ni an *tractor* obair ro-mhaith air grunnd air bith.

Anns na làithean so cha ruig thu leas *tractor* dhuit féin a cheannach ; faodaidh tu an tuarasdalachadh air gini an t-acair, no rudeigin mar sin, *a réir an astair a tha thu o bhaile*.

Cha bhiodh ann ach góraiche do dhuine air bith eich a chur an sàs ann an seana ghlasaich a tha molach le feur tioram nach ith beathaichean ma théid aige air *tractor* a thuarasdalachadh. Agus ma tha a bheag aig duine de fhearann b' fhiach dha *tractor* dha féin a cheannach agus fear na dhà de na h-eich a reic.

## Fearann a' dol fàs.

Tha feum mór air an *tractor* anns a' Ghàidhealtachd an diugh far a bheil am fearann air dol fàs, chan ann a chionn gu bheil na h-uachdarain 'g a chumail o'n t-sluagh ach a chionn nach 'eil na daoine aig a bheil e 'ga uisneachadh no 'ga oibreachadh gu ceart. Tha trì nithean a dh' fheumas

tuathanach a chur anns an fhearrann m' am bi e 'na thuathanach maith, airgiot, obair, agus eanchainn ; ach is ann glé annamh an diugh a chi thu gu leòir a dh' airgiot, no gu leòir a dh' obair, no gu leòir a dh' eanchainn, air a chur anns an fhearrann leis na tuathanach. Fearann a tha air bheagan stuic a chionn nach 'eil airgiot aig an tuathanach a cheannaicheas stoc, no nach 'eil air oibreachadh gu sgoinneil a chionn nach dean e féin obair agus nach páigh e seirbhisich a dheanadh i, sin agad fearann a tha air a dhroch ghiollachd agns a théid a dholaidh gu luath. Ach ma chumas tu do shùilean fosgailte chi thu an seòrsa tuathanachd sin air feadh na Gàidhealtachd gu léir an diugh ; talamh anns an do chuir Ni-maith feartan fàis ag iarraidh aire agus obair ach 'ga iarraidh gu dìomhain. Chan abair mi gur e an leisg as aobhar nach 'eil an obair air a deanamh, ach is e rudeigin a tha glé choltach rithe, an gaol a tha aig daoine air siubhal agus air seanchas, agus air an là a chur seachad gu réidh.

Is e tuathanach nan caorach an fheadhainn as miosa air fad, ach tha a bhuil ; chan 'eil ach glé bheag de fhearrainn-chaorach an diugh a ghiùlaineas an stoc a bha orra roimh so. Leis nach 'eil obair 'ga deanamh tha dìgean gun għlanadh, gàrraidhean gun togail, rainneach a sgaoileadh air a' mhonadh, agus feur a' fàs cho fiadhaich 's nach cuir creutair fiacall ann.

## An tuathanach agus 'ogha.

An eul thu riamh, a leughadair, ciod a thubhairt seana tuathanach d'an d' fharraid ogha féin an robh müghadh air bith eadar an t-seana ghineal agus a' ghineal òg ?

"Tha gun teagamh," ars' esan ; an uair a bha mise òg bhitheamid ag obair sia uairean deug a h-uile là 's an t-seachduin. Di-dòmhnaich bhitheamid ag éirigh aig còig uairean 's à' mhaduinn a bhleaghan a' chruidh. An sin an déidh ar braiceis dh' fheumamaid sinn fhéin a għlanadh, ar n-aodach Sàbaid a chur oirnn, agus coiseachd ceithir míle do'n eaglais, far am bitheamaid a' seinn.

*Dùisg is oibrich, tha 'n oidhch' a' teachd.*

Ach an diugh chan 'eil m' oghachan ag oibreachadh ach ochd uairean, ma tha iad a' deanamh sin fhéin. Tha làithean-féill aca trì no ceithir a dh' uairean anns a' bhliadhna, Di-Sathuirn aca mu réir daonnan, agus cadal

fada Di-dòmhnaich, agus an uair annamh a théid iad do'n eaglais théid iad intte ann am motor car, is seasaidh iad a dh' eisdeachd ri coisir-chìùil, a tha an coimhthional a' paidheadh, a' seinn.

*Bheil thu sgith, a bheil thu claoïdhte,  
Airtneulach 's fo phràmh?*

\* \* \* \* \*

### Na Deasaich.

B'e Iain Caimbeul a thàinig a' Ionar-Ar aon de na ceud thuathanach-chaorach a thàinig o'n Deas do'n Ghàidhealtachd. Ghabh e baile ann an Aird-chenghlais, an Earra-Ghàidheal, air an do chuir e seana chaorach a bha aige ann an Cumnock, an Ionar-Ar, is fhreagair an grunnd orra cho maith is dh' fhàs iad cho mór 's nach aithnicheadh e ann am bliadhna gur e na h-aon chaorach a bha ann. Shoirbhich leis cho maith anns a' cheud bhaile a ghabh e 's gu'n do ghabh e baile as déidh baile an àitean eile, a' sgaoileadh a sgiathan gus mu dheireadh an robh uiread chaorach aige 's a bha aig Iob.

Ged a thug na Deasaich na caoraich o'n Deas sheas iad gu maith air a' ghrunnd ùr air an do chuireadh iad; cha robh a bheag dhiubh a' bàsachadh. Car son, ma ta, a tha luchd-meas an diugh a' cur punnd Sasunnach an ceann (no theagamh barrachd) air caoraich a chionn gu bheil iad air an deanamh ris a' ghrunnd. Sin agad ceist, a leughadair, a thogas connsachadh am measg thuathanach daonnan! Is ceist i ris nach 'eil mise a' dol a ghabhail gnothuich ach a mhàin gu'n abair mi so, nach d' fhuair gin de na tuathanach a thàinig o'n Deas stoc chaorach cheana air a' ghrunnd; thug iad o'n deas iad, o thalamh a bu ghuirmé agus a b' fheàrr, ach air a shon sin sheas na caoraich gu maith. Cha b' ann leis a' bhàs a chaill iad na chaill iad dhiubh ach le meirlich, agus le balgairean, agus le bàthadh ann am puill-mhòine, agus le driod-fhortain eile de 'n t-seorsa sin. Bha an talamh glan, is chan 'eil talamh glan air bith bàsmhor.

### Feurach a' dol air ais.

Is ann mu 1850-1870 a thòisich daoine beachdail air toirt fainear nach giulaineadh bailtean-chaorach an stoc a ghiùlaineadh iad aon uair, agus tha fhios aig an t-saoghal an diugh gu bheil feurach na Gàidhealtachd air

dol air ais. Thug na caoraich a mhaith as an talamh, am maith a chuir na croitearan ann leis a' chrann no leis a' chois-chruim.

Fhreagair grunnd na Gàidhealtachd air na caoraich choigreach móran na b' fheàrr na fhreagair na tuathanach Ghallda agus na ciòbairean Gallda air muinntir na Gàidhealtachd, a bha gu maith fuar riu. Chan e mhàin gu robh iad fuar riu, ach bha iad air uairean olc riu. Bhiodh iad a' goid nan caorach orra; anns na làithean ud cha robh goid-chaorach air a chunntas 'n a mheirle cho nàrach 's a tha e an diugh, gu sònraichte ma bha iad air an goid o' Ghall beartach a thug an greim, mar gu'm b' eadh, á beul dhaoine bochda a chaill am beagan fearainn a bha aca an uair a thàinig esan do'n tìr.

### Meirlich-chaorach.

Uair a thachair Iain Caimbeul agus fear de na Morairean Dearga air a chéile, agus am Morair a' dol a shuidhe anns a' Chuit an Ionar-Aora, thubhairt Iain Caimbeul ris, "Tha mi a' cluinnint gu bheil meirleach-chaorach ri bhi air beulaibh 'ur Morachd am màireach." "Ma tha," ars am Morair, "cha ruig thu a leas eagal a bhi ort nach crochar e, ma tha e ciantach." "Air a chrochadh!" ars Iain Caimbeul, "bhiodh e cho maith dhuibh töiseachadh air na cuileagan a chrochadh ri bhi a' crochadh muinntir an àite so air son goid-chaorach; tha iad uile 'g an goid, agus 'g an goid le gamhlas."

Bu chaomh agus bu chiùin an duine Donncha Bàn ach thug e a bheannachd do na balgairean a bhiodh a' ruagadh nan caorach.

Mo bheannachd aig na balgairean,  
A chionn bhi sealg nan caorach.

An iad na caoraich cheann-riabhach  
Rinn aimhreit feadh an t-saoghal.

Am fearann a chuir fàs oirnn  
'S am mèl a chur an daoiread.

Tha h-uile seòl a b' àbhaist  
Anns a' Ghàidhealtachd air caochladh.

B' fheàrr le Donncha Bàn na féidh na na caoraich, ach an diugh tha am fiadh air a chunntas 'na nàmhaid as miosa do'n Ghàidhealtachd na na caoraich. Ach theagamh gur fheàrrd na féidh fhéin, agus na caoraich, agus gu sònraichte na daoine, an tractor a thighinn do'n tìr. Bha an t-àm aige tighinn, oir tha feum gu leòir air.



## C'uin a thig a' Mhaduinn

*"Tha Dia 'n a meadhon; cuidichidh Dia leatha an uair a thig a' mhaduinn."*

—SALM xlvi., 5.

THA e nàdurra do mhac an duine a bhi ag ùrnuigh ri Dia an uair a tha cunnart a' bagradh air. An uair a tha cùisean a' dol leinn gu maith tha sinn ullamh gu bhi a' cur ar n-uile earbsa 'n ar neart féin, ach ann an là na h-airce tionndaidh anam an duine gu nàdurra ri Dia, ag iarraidh cobhair is taic. Chan e is ciall do'n tionndadh sin gu bheil saobh-chreideamh no gealtachd 'g ar n-iomain gu cathair nan gràs, an uair a tha sinn ann an cùil chumhainn, ach gu bheil ùrnuigh, mar thubhairt mi cheana, nàdurra do mhac an duine; cho dùthchasach dha 's a tha seinn do'n eun, no snàmh do'n iasg.

“Iomadh uair,” arsa Abraham Lincoln, “bha mi air mo cho-éigeneachadh gu dol air mo ghlàinean a chionn nach robh àite eile ann dhomh ach sin; làithean dorcha anns nach robh feum dhomh ann am ghliocas, no ann an gliocas nan daoine eile a bha timchioll orm.”

## Urnuigh Heseciah.

Dh' fhaodadh an rìgh Heseciah an ni ceudna a ràdh an uair a mhaoidh feachd Asiria gu'n cuireadh iad Ierusalem gu lär; an là dorcha anns an do rinn e an ùrnuigh so,—

*O Iehobhah Dhe Israel, a tha d' shuidhe air na ceruban, is tu féin Dia, thusa a'd aonar, Dia uile rioghachdan na talmhainn, is tusa a rinn na nèamhan agus an talamh; aom do chluas agus éisd . . . teasairg sinn guidheam ort, á làimh Shenacherib, a chum gu'm bi fios aig uile rioghachdan na talmhainn gur tusa Iehobhah Dia, thu féin ad aonar.*

Gheibh thu an naidheachd so, a leughadair, ann an dara Leabhar nan Rìghrean (caib xix.) far a bheil e air innseadh mar chuir Senacherib, rìgh Asiria, teachdaireachd mhìomhail gu Heseciah, rìgh Iudaib, ag iarraidh air strìochdadh dhasan, agus baile Ierusalem a thoirt suas dha.

Chaidh Heseciah do thigh an Tighearn, agus rinn e an ùrnuigh ud, a' guidhe air Dia a theasairginn o bheul an leònhainn. A thuilleadh air sin chuir e a chomhairle ri Isaiah, faidh an Tighearna, agus b'e a

chomhairle-san dùlain a thoirt do rìgh Asiria, oir chunnaic e ann an spiorad na faistneachd gu robh Dia a' dol a nochdadh a chumhachd as leth Israel.

Is ann mar sin a bha. “Air an oidhche sin féin chaith aingeal Iehobhah a mach, agus bhual e ann an camp nan Asirianach ceud agus ceithir fichead agus còig mile: an uair a dh'éirich daoine gu moch anns a' mhaduinn, feuch bha iad uile 'n a i cuirp mharbha.”

## Aingeal an Tighearna.

A réir gnàths luchd-eachdraidh nan Iudhach tha am fear a dh' innis an naidheachd so ag ràdh gur e aingeal Iehobhah a rinn am marbhadh uamhasach so, ach faodaidh am falas “aingeal Iehobhah” fichead rud a chiallachadh; teine agus clach-mheallain; gaoithean agus tuiltean; tàirnearanach agus dealanach; plàigh agus gort; agus cumhachdan nàdurra eile.—tha iad uile 'n an spioradan-frithealaidh do Dhia, 'n an ainglean a chuireas an géill a thoil. Ach ciod air bith an dòigh anns an d'thàinig an lom-sgrìos ud air feachd Asiria tha e soilleir gu robh freasdal an Tighearn ag oibreachadh as leth a shluaign, agus gu'n do shaor e Heseciah agus a dhùthaitch an uair a bha iad ann an éiginn chruidh.

An déidh làimhe rinn bàrd diadhaidh air chor-eigin an t-salm shòluimte is mhaiseach so, a thoirt molaidh do Iehobhah anns an teampull air son na buadha,—

'S e Dia as teàrmunn duinn gu beachd,  
Ar spionadh e's ar treis;  
An aimsir carráid agus teinn  
Ar cobhair e ro-dheas.  
Tha Dia nan sluagh ri còmhnhadh leinn  
'S an còmhnuidh air ar crann;  
Is e Dia Iacoib's teàrmunn duinn  
'G ar furtachd anns gach àm.

Ged bu mhór neart Shenacherib agus ged bu lionmhòr a dhaoine bha 'uail air a cur anns an duslaich, oir chan ann a mhàin an aghaidh Heseciah a thog e a làmh ach an aghaidh an Dé bheò mar an ceudna, ach an uair a dh'éireas eadhon rìghrean cumhachdach an aghaidh Rìgh nan dùl, is ion dhaibh eagal a bhi orra 'n a làthair-san, a thogas suas na h-eileanan mar smùirnean.



Anns na làithean so, an uair a tha duine as cumhachdaiche na Senacherib a' maoidh-eadh saorsa an t-saoghal a mhilleadh, agus làmhachas-làidir a dheanamh air uile rioghachdan an domhain, bu chòir duinn ar guth agus ar cridhe a thogail ri Dia ann an ùrnuigh mar rinn Heseciah; agus bu chòir duinn an naidheachd so a ghabhail gu cridhe, a chum ar creideamh, agus ar misneach, agus ar diorras a neartachadh. Oir tha sinn uile a' creidsinn, a dh' aindeoin gach fàiling is peacadh a dh' fhaodar a chur as ar leth mar rioghachd, gu bheil ar làmhan na's gloine na làmhan na Gearmailte anns a' chogadh so, agus nach e mhàin gu bheil Hitler a' saltairt air lagh dhaoine agus air còraichean dhùth-channa beaga ach gu bheil e mar an ceudna a' saltairt air lagh Dhé, agus air còraichean a' chinneadh-daonna.

An uair a sheallas sinn air neart an airm a tha fo làimh chan 'eil e furasd a ràdh c' uin, no ciod an dòigh anns an gabh an t-arm sin ciosnachadh, ach an uair a smuainicheas sinn air aobhar na h-iorguill agus air na nithean a tha an crochadh ris an tapaid chan urrainnear a chreidsinn gu'm faighe e a thoil, no gu'n soirbhich leis; co dhiu, chan urrainnear a chreidsinn gun iomadh dùil mhaith is dòchais diadhadh a bha sinn ag altrum a thilgeadh bhuainn.

Is e saorsa ni as prìseile air an t-saoghal; saorsa cuirp, saorsa inntinn, saorsa anama; agus tha e eu-comasach a chreidsinn gu 'm bi soirbheachadh air a' cheann mu dheireadh aig duine no aig dùthaich a thogas an gairdean a thoirt saorsa bho 'n t-saoghal. Theagamh gu robh sinn uile an dùil gu 'n gabhadh saorsa faotainn gun phris a

phàigheadh; ach ma bha, chuireadh as an dùil sin sinn anns na bliadhnaagan so, oir tha sinn a' faicinn nach fhaighean saorsa gun dòrtadh fala, agus nach ciosnaichean uaill is fein-thoil Hitler gun mhóran falluis is sgiths is àmhghar.

*"Tha Dia 'na meadhon; cuidichidh e leatha an uair a thig a' mhaduinn."* Tha mi an duil gu 'm faod sinn briathran an t-salmadair a chleachdadh mu ar dùthaich fein. Mur bheil Dia leinn chan 'eil còir air bith againg a bhi ag ùrnuigh air son na buadha; mur bheil Dia leinn is e an rud a b' fheàrr a b' urrainn tachairt sinn a dhol sios. Ach ma tha Dia leinn agus 'n ar meadhon—agus mar thuirt mi cheana tha sinn a' creidsinn gu bheil cudthrom a' cheartais agus na firinn agus na h-onoir air ar taobh—faodaith sinn a bhi cinnteach gu bheil feartan neo-fhaicsinneach an Tighearna cheana ag oibreachadh as ar leth, agus gu 'n cuidich e sinn *an uair a thig a' mhaduinn*.

Ach is fhada an oidhche gu maduinn do 'n duine a tha gun fhois le pian. Ann an dorchadas their e le osna, "O! nach b' e a' mhaduinn a bha ann!" Cuiridh Dia a' mhaduinn thugainn an uair a thig an t-àm. Chan e mhain gu 'n cuidich e leinn, ach ni e sin daonnan aig an àm cheart. Cha tig e ro thràth air eagal nach fairich sinn ar feum air; ach cha tig e ro anmoch air eagal gu 'n toir sinn thairis. *Thig e anns a' mhaduinn*, oir chan ainnm ainnm air bith eile do theachd an Tighearna ach a' mhaduinn. "Tha Iehobhah cothromach 'na meadhon; cha dean esan eucoir; anns a' mhaduinn bheir e breitheanas gu solus; chan fhàilnich e."

## Anns a' Chathair

IS e an dà lagh a b'fheàrr do'n Ghàidhealtachd a rinneadh riagh anns a' Phàrlamaid Achd nan Croitearan agus Pension na seann aoise. Ged a bhios daoine a' faotainn coire do'n Phàrlamaid air son a bhi a' taomadh iomadh seòrsa déirce ann an uchd dhaoine leasga nach bu chòir do'u dùthaich a bhi ghabhail romhpa cha chluinnear ach glé annamh duine a' gearan gu bheil tuilleadh 's a chòir de mhaoin na rioghachd air a chosd ann am pensions do sheann daccine. An uair a tha an lagh air a dheanamh air son na rioghachd uile chan 'eil e furasda rùn an lagha a chur an géill gu cothromach, is theagamh gu bheil feadhainn a' faotainn pension na seann aoise aig nach 'eil còir air bith air fhaotainn, no air a ghabhail, ach air a shon sin is e lagh

ceart agus caomhail a tha ann, agus tha cridhe agus coguis na rioghachd 'ga sheasamh.

Ma tha ministear-sgìre a' deanamh a dhleasdanais chan 'eil duine eile d' an aithne seann daoine agus bochdan na sgìre cho maith ris, air chor agus gu bheil e a' faicinn a h-uile là d'a bheatha cho lionmhor 's a tha na seann daoine d' am biodh an aois 'na h-eagal agus 'na h-uallach, mur b'e am pension. Ach leis a' phension tha an inntinn aig fois; tha iad a' fàs misneachail agus làdir agus toilichte a chionn gu bheil iad neo-eisiomaileach.

### Màiri Dhòmhnullach.

Ged nach b' aithne dhomhsa neach eile riaghachd ach am boirinnach ciùin, Màiri



Dhòmhnullach, d' an robh pension na seann aoise 'na thaic bheannaichinn ainnm an fhir a rinn an lagh caomhail so. Shiubhail Mairi o chionn sheachd bliadhna, ach fada m' an do shiubhail i bhiodh i ag innseadh dhomh gu'm b' ise an té mu dheireadh de theaghlaich a h-athar a bha beò. Cha robh duine a bhuineadh dhi aig an tiodhlacadh; bha a corp air a thiommadh do'n duslaich ann an cladh Chille-sgumain le làmhan choigreach, agus mar sin fao daidh mi innseadh mu chùrsa a beatha, gun oilbheum a thoirt do neach air bith a tha beò an diugh.

Rugadh i an Inbhir-Theòrsa an Gallaibh, ach is ann á Leòdhus a thàinig a h-athair (agus theagamh a màthair cuideachd) agus bha blàs Gàidhlig Leòdhuis air a bruidhinn gu là a bàis. Bha a h-athair 'na dhuine diadhaidh; an là a dh'fhàg i fhéin agus Anna a piuthar an dachaidh a dhol 'g an cosnadh do Dhùn-éideann chaidh e leò gu ceann an rathaid, agus aig ceann an rathaid chaidh e air a ghlùinean, a dh'ùrnuigh gu'm biodh beannachd an Tighearna maille riu, agus a dhòn thairis orra, far an robh iad a' dol.

Fhuair iad le chéile àite an tighean maith ann an Dùn-éideann, far an robh meas mór orra mar shearbhantan dileas sgoinneil a bha cho firinneach onorach ri solus na gréine. An uair a bha Anna deich bliadhna 'ga cosnadh ghabh i fiabhrus-dearg is shiubhail i, ach cha robh aice a dh'airgiod ach na chuir fo'n ùir i, oir bha iad le chéile maith d' am párrant agus do dhàimhich eile ann an Inbhir-Theòrsa aig an robh feum air cuideachadh. Bha bràthair aca aig an robh deichnear chloinne agus bean gun sgoinn, a bha air a bhàthadh aig iasgach an sgadain ann an Sealainn, ach bheathaich agus chòmhdaich iad eatorra an teaghlaich mór ud gus an tainig iad uile gu ire cosnaidh.

### Pòsadh Mairi.

Bha Mairi fishead bliadhna anns an aon tigh-cosnaidh, agus cha chuireadh e ionghnadh oirre fhéin no air daoine eile na'n abradh tu gu'm biodh i ann gu bràth. Cha robh dad eile 'n a beachd agus cha mhò a bha i an dùil gu'm pòsadh i; "ach air a shon sin," ars' ise, là a bha sinn a' bruidhinn ri chéile, "phòs mi, agus b' fheàrr dhomh nach do phòs; bhiodh e na bu ghlice dhomh fantuinn mar bha mi."

"Na'm b'aithne dhuinn," thubhaint mi rithe, "ciod a tha air thoiseach oirnn bhithreamaid uile na's glice na tha sinn, is sheachnamaid iomadh sloc anns an do thuit sinn, agus gun fhius againn gur e

sloc a bha ann, ach theagamh gu robh dùil agaibh-se aig an àm gu'm faigheadh sibh sonas agus saorsa ann an staid a' phòsaidh."

"Bha mise," ars' ise, "ochd bliadhna deug air fhichead an uair a phòs mi, agus cha b'e dùil ri sonas no saorsa a thug orm mi fhéin a cheangal ri fear, no idir gaol a bhi agam air."

"Ciod eile, ma ta, a thug oirbh a dheanamh?" thubhaint mi rithe.

"O, a bhròinein," ars' ise, "tha iomadh rud anns an t-saoghal nach aithne dhuitsa, agus nach biodh feum ann domhsa innseadh dhuit, ach chaidh mise agus an duine còmhla a chionn gu bheil ionndrainn ann an eridhe gach té air an t-saoghal air na trì nithean so, fear agus dachaidh agus leanabh dhi fhéin. Sin agad trianaid nam ban."

### Saoir-thighean.

Ach mur robh teas-ghaol aig Mairi air an fhear a phòs i cha mhò a bha teas-ghaol aige-san oirre. Bha Niall Dòmhnullach mu dha fhichead an uair a thachair iad air a chéile; air a chunntas mar fhear de na saoir-thighean a b'fheàrr an Dùn-éideann; fear-cèirde aig an robh làmh ghrinn ach a bha gaolach air an uisge-bheatha. Chuir a mhaighstir e do'n tigh anns an robh Mairi 'g a cosnadh, a dheanamh obair fhinealta air chor-eigin; agus m'an robh e ann ach dà là, thòisich an aon smuan air éirigh ann an intinn agus ann an aigne na dithis. Bha Mairi 'n a boirionnach àrd, sultmhòr, dreachmhòr; bha fuil għlan intے agus flath na sláinte air a h-æodann, is thubhaint Niall Dòmhnullach ris fhéin gu'm bu mhaith a' bhean-tighe agus an companach a dheanadh i do fhear-oibre seach na siolagan caola, glas-neulach, ris am biodh e a' tachairt anns a' bhaile. Agus thubhaint e ris fhéin cuideachd gu robh an làn àm aige a nis dol air thigheadas dha fhéin, agus stad d'a ghòraiche.

Chòrd coslas Nèill ri Mairi, oir bha e 'na dhuine mór gasda, agus fiamh coibhneil, ceanalta, air a ghniùis, is thubhaint i rithe fhéin gu'm b'e diobhail a bha ann e bhi gun dachaidh dha fhéin, agus gun té a ghabhadh cùram dheth. Aon mhaduinn a thàinig e gu obair agus àileadh an uisge-bheatha dheth gu làidir cha bhruidhneadh i idir ris, ach m'an tainig am feasgar bha i ag ràdh rithe fhéin (mar thubhaint na miltean de mhnathan gorach) gur e bean a bha dhith air, agus gu'n stadadh a de'n òl na'n robh bean sgoinneil aige agus blàths is comhfhurtachd aig a theine féin. Och! och!



nach beag is aithne do na boirionnaich dòighean an drongair agus puinnsean na dibhe!

### Dachaíd bhrònach.

Ach gus mo naidheachd a ghiorrachadh phòs Niall agus Màiri, ach ma phòs, bha iad air an ceangal ri cheile gu neo-chothromach, oir bha beusachd agus banalachd 'na h-aoraibh-se gu nàdurra, ach chaill esan a dhuinealas gu buileach leis an deoch. Fhuair an truaghan na trì nithean a bha a cridhe ag ionndrainn, fear dhi fhéin, agus dachaíd dhi fhéin, agus ri ùine leanabh dhi fhéin 'n a broilleach, ach 'n an cois fhuair i carraig agus briseadh-cridhe.

Theirear ris a' cheud bhliadhna a tha càraid pòsda *bliadhna-nam-pòg*, ach fada m' an do ruith a' bhliadhna bha dachaíd Màiri fuar agus lom, lom gu litireil oir dh' òl Niall a h-uile ball de'n earnais a chuir i anns an tigh as a cosnadh fhéin, gu ruige na tiòdhlaican-bainnse a fhuair i. Cha robh an leanabh beò ach còig seachduinean; an uair a rugadh e bha Niall fad dheich làithean air an daoraich; is bha e cho mór an athar na dubh-dhaoraich sin 's nach do rinn e car oibre fad mìos. Ghabh e an ath dhaorach an oidhche a shiubhail an leanabh, agus cha b' urrainn dha dol a dh'ionnsuidh an tiòdh-lacaidh. Is e coimhearsnach a ghiùlain a' chiste bheag 'n a achlais do'n chladh.

Uair a bha i ag innseadh dhomh mu'n àmhghar a dh' fhuiling i aig an àm ud d'a beatha dh'fhaighnich mi dhi am bitheadh i a' faotainn cadail anns na seachduinean a bu truaighe a cor. "O, ghaolaich," ars' ise, "feumaidh gu'm bithinn a' cadal gun fhiös dhomh, oir tha iad ag ràdh nach bi neach fada beò gun chadal, air neo gu'n téid e as a chiall. Ach an uair a chaill mi mo leanabh bhithinn a' guidhe ri Dia e 'g am chumail 'n am dhùsgadh air eagal, na'n eайдilinn, gu'm faicinn 'n am bhruadar mo leanabh 'n am bhroilleach a ris, agus gu'n dùisginn 's gun e ann. O, bhròinein, is duilich do mhàthair cadal ma tha a broilleach làn, agus a cridhe falamh agus briste; is duilich dhi cadal anns an aon leabaidh ri a leanabh marbh agus a duine air mhisg."

### Là na saorsa.

Ach ged nach b'e bliadhna-nam-pòg a bha anns a' bhliadhna ud do Mhàiri ach bliadhna na daorsa chaidh i seachd, agus m'an do chriochnaich an ath bhliadhna, bha Niall marbh. Bha ainm fada agus ainm riomhach aig lighichean an ospadail air an

timeas a chuir crìoch air, ach chan e rud air bith eile a chuir as dhà ach an deoch.

Chaidh Mairi air a h-ais do'n tigh anns an robh i 'na searbhanta m'an do phòs i; bhiodh a ban-mhaighstir, a bha anabarrach measail oirre agus anabarrach coibhneil rithe, a' dol 'g a faicinn fad na h-ùine a bha i pòsda, agus a cheart cho luath 's a shiubhail Niall dh'iarr i oirre tighinn air a h-ais do'n teaghlaach aca fhéin.

Sin mar bha; dh'fhan i còmhla riu, mar aon dhiubh féin, gus an robh an dachaíd air a briseadh. Shiubhail na seann daoine; chaidh triùir de na mic agus aon de na nigheanan do na h-Innsibh an Ear, agus cha robh air fhàgail dhiubh anns an dùthach so ach aon mhac nach robh pòsda, a bha a' fuireach ann an Lunnainn, agus nighean a bha pòsda aig marsanta-iaruinn ann an Glaschu.

Is ann còmhla ris an nighinn sin a bha Mairi anns na bliadhnanachan mu dheireadh, ach an uair a shiubhail a ban-mhaighstir agus a bha Mairi fhéin air fàs erom agus crùbach leis an lòinidh bhruidhinn am marsanta-iaruinn ris a' Chòirneal mu Mhàiri, uair a bha an Còirneal agus a bhean aig dinnear mhór ann an Glaschu, agus is e a thàinig as a' bhruidhinn sin gu'n tug an Còirneal tigh beag grinn dhi ann an Cille-sgumain, cho fad 's bu bheò i. Cha robh an tigh mór no riomhach, ach cha mhò a bha am mál mór, agus cha ruigeadh an Còirneal a leas a thoirt dhi idir, mur b'e sin a thoil mhaith fhéin, oir cha bhuineadh i do'n àite no d'a oighreachd. Sin mar fhuair mise eòlas air mo bhancharaid ghaolach, Mairi Dhòmhnullach, 'na seann aois, agus is e a beul fhéin m'urrainn air son nan nithean a tha mi a' cur sìos air an duilleig so, nithean a bhiodh i ag innseadh dhomh an uair a bhithinn a' tadhall oirre, agus a' fantuinn ùine mhaith còmhla rithe.

### Tigh nam bochd.

Anns na seann làithean bhiodh Mairi (aig nach robh duine a shealladh 'na déidh) air a cur do Thigh nam bochd, no ann an cùil air chor-eigin an tigh duine eile, ach le pension na seann aoise, agus beagan a chuir i mu seach, agus coimhearsnach choibhneil, bha i ann an sud gu sona toilichte aig taobh a teine féin, ag éirigh agus a' laighe an uair a thogradh i, agus comas aice cupan tea a thairgsinn do dhuine air bith a bha feumail air, no a bu toigh leatha. An uair a tha boirionnach grinn air a cur do Thigh nam bochd, no air a cur ann an suidheachadh air bith eile anns nach urrainn i cupan tea a dheanamh dhi fhéin no do dhaoine eile, tha



crannchur a' bhoirionnaich sin cruaidh ; tha i mar gu'm biodh ban-rìgh a chuireadh bhàrr a' chrùin.

A h-uile uair a rachainn 'g a faicinn bhiodh i ag iarraidh orm leigheas a thoirt dhi air son na lòinidh, ach bhithinn ag ràdh rithe nach robh air an lòinidh ach aon leigheas, a bhi ag ràdh rithe fhéin fad an latha nach 'eil a leithid de ni agus lòinidh ann. "O, ghaolaich," theireadh i riùm, "b'fheàrr leamsa an lòinidh fhéin fhulang seach dol as mo chiall."

Am bitheantas, mar is sine tha daoine a' fàs tha iad a' fàs na's cùramiche agus na's cruaidhe mu airgiod, ach cha b'ann mar sin a bha Màiri. Bha i fialaidh leis a' bheagan a bha aice, agus coma mu bhi a' caomhnadh nan sgillinean ach a mhàin gu'm bu mhaith leatha fhàgail 'na déidh na chuireadh fo'n talamh le grinneas i. Dh'earb i riomsa a' chuid so a dheanamh air a son, agus gheall mi dhi gu'm biodh a h-uile ni air a dheanamh mar bu mhaith leatha. "Ma thachras dad dhomhsa,"—sin an doigh anns am biodh i daonnaan a' tòiseachadh air bruidhinn mu uair a siubhail. Theireadh i riùm gu robh i cinnteach gur ann anns an oidhche a thigeadh a' ghairm oirre, agus gu'n tigeadh i gun fhios dhi fhéin no do neach air bith. Bhithinn-sa ag ràdh rithe gu'n do ghléidh Dia nithean diomhair 'n a chomhairle féin a mhàin, ach theireadh ise, "Tha sin ceart, a ghaolaich, ach tha fhios agamsa 'n am chridhe fhéin gur ann 'n am chadal a thig an Teachdaire 'g am ionnsuidh."

### Ainglean na Nollaige.

Mar a thubhairt, b'fhìor ; an oidhche roimh Nollaig tha ceòl nan ainglean air a chluinntinn anns an iarmait le 'daoine bodhar maol nach 'eil a' creidsinn anns na h-ainglean ach aon là agus aon oidhche 's a bhliadhna. Bha na h-ainglean a mach air an turusan an Cille-sgumain an oidhche ud, a' tadhall an sud agus an so ; an dràsd ann an tigh anns an robh a' chlann a' caoineadh a

chionn nach tigeadh Santa Claus chuca am bliadhna, agus gun an athair ag obair, agus a ris ann an tigh a' Chòirneil anns nach robh clann idir, ach anns an robh iomadh treathlaich a dheanadh clann sona. Ciod air bith a rinn na h-ainglean, anns a' mhaduinn an uair a dh'éirich a' chlann agus a thog am màthair a' chluasaig a bha fo'n ceann bha rudan fo'n chluasaig a thug air an cridheachan leum le moit, agus an uair a dh'éirich an Còirneal, an àite tòiseachadh air Socialists agus Pacifists a dhamnadh, mar b'abhaist dha, chaidh e fhéin agus a bhean air an glùinean a dheanamh ùrnuigh, agus ghuidh e air Dia "gu'n cuidicheadh tu leinn na nithean a fhuair sinn bhuit a roinn riusan ag nach 'eil ach dachaidhean lom is bochd."

Bheannaich na h-ainglean iomadh dachaidh an oidhche ud, ach bha uiread dhaoine ann an Cille-sgumain aig an robh cluasan bodhar agus cridheachan cruaidh 's gu robh e trì uairean 's a' mhaduinn m'an do chriochnaich na h-ainglean an obair, agus m'an do ràinig iad an tigh mu dheireadh, tigh Mairi Dhòmhnullach.

Bha Mairi 'na cadal gu sèimh, ach bha neul na h-aoise ri fhaicinn air a h-aodann.

"Ciod an tiodhlac-Nollaige a dh'fhàgas sinn aice, a dh'fheitheamh air a dùsgadh," arsa té de na h-ainglean ri càch.

"Tha i aosda agus sgìth," arsa té eile, "bheir sinn leinn dhachaidh gu h-athair i."

An sin bhean aingeal eile ri bilean Mairi, agus gun uiread agus osna a tharruing, stad a h-anail agus bha a spiorad maille ri Dia.

\* \* \* \* \*

Anns a' mhaduinn, an uair nach robh toit ri fhaicinn as an tigh, dh'fhosgail am posta agus fear de na coimhairsnach an dorus, ach chumnaic iad anns a' mhionaid gu robh i marsh. Bha am Biobull fosgailte air a' bhòrd a bha ri taobh na leapa aig an t-salm a bha i a' leughadh m'an do chaidil i, *Sàsuichead mi, an uair a dhùisgeas mi, le d'choslas.* (SALM xvii., 15.)

## Dòrlach Bhioran

*Thionail Pol dòrlach bhioran.—Gniomharan xxviii., 3.*

NA'N robh mi deich bliadhna fichead na b'òige na tha mi tha dà rud a rachadh agam air a dheanamh nach do rinneadh cheana, leabhar beag cuimir, anns am biodh gach seann sgrìobhadh Greugach no Romanach air an ranntsachadh agus air an criathradh le criathran na meanbh-sgoilearachd, a

dh'fhaotainn a mach ciod an seòrsa fiodha a bha anns na biorain a thionail Pol, agus (2) Concordance do'n Bhiobull Ghàidhlig.

Theagamb gu'n tugadh Oïlthigh Chillrimhinn Ph.D. dhomh airson leabhar nam bioran, oir tha maithean an fhòghluim deas gu bhi a' saoilsinn gu bheil ionmhas agus



reamhrachd ann an seann sgrìobhaidhean nach 'eil annta idir, ach air a shon sin chan 'eil ann am bioran ach bioran fhéin. Is dùth do dhuine a bhi mór as fhéin ma chuir e clach ann an teampuill an Eolais, ach mur do chuir e ann ach *bioran*, bha cho maith dha a chur air an teine, far an do chuir Pol iad.

Ach bhiodh *Concordance Gàidhlig* feumail, cho feumail 's na'n robh mi na b'òige, mar thubhairt mi, gu'm feuchainn r'a dheanamh. Ach tha ministearan òga anns a' Ghàidh-ealtachd a dh'fhaodadh an obair so a ghabhail os làimh, gu sònraichte anns an eaglais Shaoir, a tha a' cleachdadh na Gàidhlig na's mò na thatar a' deanamh ann an eaglais na h-Alba.

'N an teagastg anns a' chùbaid, no ann an class a' Bhiobuill tha ministearan Gàidhlig an diugh mar gu'm biodh iad a' gearradh feòir le speal mhaoil; tha e duilich dhaibh an obair a dheanamh, agus tha an obair gròiceil air a' cheann mu dheireadh. Ann an t-saoghal ùr anns a bheil inntinnean dhaoine a' gluasad an diugh chan 'eil anns a' Ghàidhlig ach meadhon-teagaitsg gu maith anfhann, anfhann gu nàdurra a chionn nach 'eil i a' fàs mar tha èolas a' fàs, ach na's anfhainne uile gu léir a chionn nach 'eil an acfhuinn againn ann an Gàidhlig a tha aig luchd-teagaitsg Beurla, *Concordance* agus leabharlaichean eile de'n t-seòrsa sin.

Ach chan abair mi an còrr air a' chuspair so, oir tha fhios agam gu'n cuirinn fearg air cui'd d'am chàirdean, na'm fosglainn m'innitinn gu saor air a' Ghàidhlig mar inneal-theagaitsg, agus cha tòigh leam dad a ràdh a chuireadh daoine bhàrr an siùl.

\* \* \* \* \*

Mar sin tillidh mi a dh'ionnsuidh nam bioran, far an do thòisich mi.

Thionail Pol na biorain gus teine fhadadh, ach tha teine agus teine ann. Tha cui'd de na bhios a' leughadh na duilleig so a dh'fheumas dà theine a thoirt beò a h-uile là Sàbaid, ach ged nach 'eil mise a' gabhlair orm a bhi ro mhaith air teine dhomh fhéin fhadadh bha mi riagh cùramach gu'm biodh dòrlach bhioran aig mo làimh ris am faodainn maidse a chur uair air bith a thoilichinn. O nach 'eil feum agam fhéin orra an dràsd faodaids mi lan-an-dùirn dhiubh a thaigheasinn do neach air bith a tha gann de chonndadh.

Anns na làithean so tha am biadh ri bhi air a thomhas dhuinn, agus tha daoine a' deanamh móran bruidhne mu bhiadh; so agaibh ma ta dòrlach bhioran a chuireas sibh air an teine sin.

*Dh'ith iad am Mana gus an d'thàinig iad gu crìch tire Chanuain.*—(*Ecsodus* xvi., 35). Ciod air bith a bheir thusa no mise as an fhaçal sin, na'n robh Augustin beò, theireadh e gur e crìoch tir Chanàain an là anns am faigh Breatunn agus an Fhraing a' bhuaidh.

*Bithidh aca uiread r'a chéile ri itheadh.*—*Deut.* xviii., 8.

*Dlige gach là air a là féin.*—*Nehem.* xii., 47.

*Thubhairt Iosa riu, A chlann, a bheil biadh air bith agaibh?* *Fhreagair iadsan, Chan 'eil.*—*Eoin* xxi., 5.

*An déidh do'n Tighearn buidheachas a thabhairt dh'ith iad an t-aran.*—*Eoin* vi., 23.

*Ithidh e aran a Dhe.*—*Lebh.* xxi., 22.

Ceithir seòrsachan arain a tha air an ainmeachadh anns a' Bhiobull; aran Dhe, biadh nan aingeal (*Salm* lxxviii., 25), aran an dìomhanais, agus aran na ceilge (*Gnath-Fhacail* xxxi., 27, xx., 17). Tha an dà aran mu dheireadh sin milis do'n bhlas, ach searbh do na h-àirnean.

*Deasaichidh tu bòrd fa m'chomhair ann am fianuis mo naimhdean.*—*Salm* xxiii., 5.

*Cha robh uireasbhuidh ni sam bith ort.*—*Deut.* vi., 7.

*Dh'ith iad am biadh le gàirdeachas agus le aon-fhillteachd cridhe, a'moladh Dhe.*—*Gniomh.* ii., 46.

Ma chaill thu do chàil air biadh mol ainm Dhe gus an tig do chàil air ais.

*Dh'aithnicheadh leò e ann am briseadh an arain.*—*Lucas* xxiv., 35.

Cha bu chòir am facal so a bhi air a ghleidheadh air son bòrd a' chomanachaids a mhàin. Aithnichear an duine diadhaidh 'n a shuidhe aig a' bhiadh, no air an dòigh anns an dean e altachadh. Bu chòir dhuinn gach seòrsa arain, cho maith ri aran a' chomanachaids, a bhriseadh ann an ainm Chriosd.

*Rinn coimhthional chloinn Israel uile gearan an aghaidh Mhaois.*—*Ecsodus* xvi., 2.

Rinn iad gearan 'n a aghaidh a chionn gu robh am biadh gann, ach air cho dona 's 'g am bi sinne, cha bhi sinn cho dona ri muinntir Shamaria an àm na gorta a thàinig orra, agus a bha ceann assail air a reic air ceithir fichead bonn airgid, agus an ceathramh cui'd de chab a dh'aolach chalaman air a reic air coig buinn airgid. Tha mi an dùil gu'm biodh mu thrì pinnteann ann an cab, ach chan 'eil mi uile gu léir cinnteach, oir tha toimhsean



Iudhach cho duilich an tuiginn ri sgríobhaidhean Einstein no Jeans.

*Bheir bean shubhaileach a biadh á tir chein; tha i mar longaibh nan ceannaireachan.—Gnath-Fhacail xxi., 14.*

*Ma dh'ith mi mo ghreim am aonar agus nach d'ith dilleachdan dheth.—Iob xxi., 17.*

Tha treubh anns an Afric aig a bheil an t-ainm so air duine mosaich, "Am fear a bhios ag itheadh leis fhéin."

*Thugaibh aoidheachd d'a cheile gun ghearan.—1 Pead. iv., 9.*

"Bha mi acrach, agus cha d'thug sibh dhomh biadh; bha mi am choigreach, agus cha d'thug sibh aoidheachd dhomh."

*Ma's divine thu air do thabhairt do ghéocaireachd, cuir sgian ri d' sgörnan.—Gnath-Fhacail xxiii., 2.*

Chan 'eil mi cinnteach ciod a tha so a' ciallachadh, ach saoilidh mi co dhiubh nach 'eil am facal ag iarraidh eadhon air a' gheòcaire làmh a chur 'n a bheatha. Theagamh nach 'eil ann ach facal làdir, rud beag thar na cailce, mar bhiodh aig an fhear nach maireann, an t-Ollamh Alasdair Whyte, air uairean. Uair a bha e a' searmonachadh mu'n pheacadh so, thubhairt e, "tha sibh an sin, a mhàthann-uaisle Dhùn-éideann, a' cladhach 'ur n-uaighean fein le bhur fiaclan."

*Is mise aran na beatha: an t-aran beò a thàinig a nuas o néamh.—Ar Slànuighear.*

Sin ma ta, dòrlach bhioran leis am faodadh duine air bith aig a bheil inntinn bheò, a cheanglas aon smuain ri smuain eile, deagh theine fhadadh air feasgar Sàbaid.

\* \* \* \* \*

An àm a' chogaidh mu dheireadh bha mise dha no trì làithean ann am Malta, ach ged a chaidh mi a dh'fhaicinn a' bhàigh anns a deachaidh am bàta anns an robh Pol air tìr, chan 'eil cuimhne air bith agam an diugh air coslas na h-oir-thìr, ciod an seòrsa chraobh a bha timchioll air a' bhàgh, no an robh craobh no conas idir ann. Ach tha cuimhne agam air coslas is cumadh a' bhàigh fhéin, agus air siochalachd agus guirme na fairge; cha saoileadh tu air là samhraidh gu'm bu droch chladach e.

### Biorain á coille eile.

CIOD a tha an ùrnuigh so a' ciallachadh, "Thoir dhuinn an diugh ar n-aran làitheil?" (Mata vi., 11). Ciod eile ach gu bheil sinn ag iarraidh air Dia am biadh a tha feumail do'n

bheatha so a thoirt dhuinn! Sin an dòigh anns a bheil a' mhòr-chuid de dhaoine a bhios ag ràdh na h-ùrnuigh 'g a tuiginn. Ach ma sheallas tu thairis air na nithean eile a dh'iar Criod air na deisciobuil guidhe ri Dia air an son chì thu gur e nithean spioradail a tha annta uile, agus nach e nithean aimsireil. Dh'iar e orra guidhe gu'm biodh ainn Dhe air a naomhachadh, agus rioghachd Dhe a' teachd; gu'm biodh iad air an cumail o bhuaireadh, ach anns an atchechuinge so thatar ag iarraidh air Dia beannachd aimsireil, ged thubhairt Criod ris na deisciobuil gun ro-chùram a bhi orra ciod a dh'itheadh no dh'oladh iad. "Iarraidh air tùs rioghachd Dhe," ars esan, "agus cuirear na nithean so uile ribh." Mar sin tha cuid de dhiadhairean a' cumail a mach nach ann idir air son a' bhìdh a theirgeas a dh'iar Criod air a dheisciobuil ùrnuigh a dheanamh, ach air son a' bhìdh a mhaireas chum na beatha shiorruidh.

Sin mar tha an naomh Augustin a' mìneachadh nam briathran so; bha iad a' samhlachadh dha corp Chriosd, no an t-aran beò a tha Dia a' toirt do'n anam; is dh'uisnish e iad mar gu'n robh iad a' teagast gu bheil Criod ag iarraidh oirnn an t-sàcramaid naomh a choimhead a h-uile là.

Ach cha seas am mìneachadh sin, ma chumar air chuimhne an riaghait ghlie so, "Earrann air bith de'n Bhiobull as urrainnear a ghabhail gu litireil, gabh mar sin i, oir mar is fhaide a dh'fhalbhais tu o'n litir, is ann is dòcha thu bhi ceàrr." Tha facal eile anns an ùrnuigh nach 'eil soilleir, co dhiubh anns a' Ghréigis, am facal *laitheil*, oir tha sgoilearan Gréigis ag ràdh gur e bu chòir dhuinn a ràdh, "Thoir dhuinn an diugh aran an là tha teachd." An e sin aran an là màireach? Ma their thu gur e, cuimhnich gu'n d' iarr Criod air na deisciobuil gun chùram a bhi orra mu'n là màireach.

Bha e 'na chleachdadh aig Iosa gu sònraichte ann an Capernaum, a bhi ag éirigh roimh là, a dhol a mach leis fein a dh'ùrnuigh, theagamh a chionn gu robh an tigh (no na tighean) anns am biodh e a' fuireach cho làn 's nach b'urrainn dha dol air a ghlùinean an uaigneas. Is ann air là de na làithean sin a lean na deisciobuil e agus a dh'iar iad air, "A Thighearna, teagaig dhuinn ùrnuigh a dheanamh." An sin thug Criod dhaibh an ùrnuigh so, tràth 's a' mhaduinn, theagamh m'an do bhlaist iad biadh, Thoir dhuinn aran an là so, no aran an là a tha romhainn.



Tha an ùrnuigh so freagarrach dhuinn uile (ma chumas sinn a' chòir agus gu'n iarr sinn Dia gu moch) ach bha i eadhon na bu fhreagarraiche do na h-abstoil, oir dh'fhàg iadsan an tighean agus an teaghlaichean agus an obair shaoghalta air sgàth Chriosd agus air sgàth a rioghachd. Air uairean cha bhiodh fhios aca anns a' mhaduinn c'aite am faigheadh iad am biadh anns an fheasgar, no c'aite am faigheadh iad fasgadh anns an oidhche. Ach b'aithne do Dhia, agus mar sin dh'iarr Criosd orra an chisean earbsa ris-san, agus an uireasbhuidean innseadh dha, agus dol an còmhdailean obair an là gun eagal gun chàram.

Ann an saoghal anns a bheil freasdal Dhe a' riaghadh gheibh an duine a tha deanamh toil Dhe a bhiadh gun teagamh; ach chan 'eil còir aig duine air a bhiadh *mur do choisinn e e.*

Có iad, ma ta, a tha a' cosnadh am bidh?

#### Ma's e toil an Tighearn e.

Anns a' cheathramh caibideil de'n litir a sriobh e tha an t-abstol Seumas a' faotainn coire do dhaoine a bhios ag ràdh, "Am màireach théid sinn do'n bhaile so, agus ni sinn ceannachd agus gheibh sinn buannachd," agus ag ràdh riu gur e bu chòir dhaibh a ràdh, "Ma's e toil an Tighearn e, ni sinn so no sud."

Anns na seann làithean chluinneadh tu na briathran so na's trice na chluinnear iad an diugh, "Ma's e toil an Tighearn e," no "Ma bhios mi air mo chaomhnadh," no "Le còmhnaidh Ni-maith"—ni mi sud no so. Ach tha an dòigh bruidhne sin air dol as an fhasan an diugh am measg dhaoine, agus gu sónraichte am measg dhaoine òga, oir cha

toigh leis an òigradh a bhi ag uisneachadh briathran cràbhach gun aobhar.

Uair a dh'iarr an t-Ollamh Tomas Chalmers ministear àraidi a dh'ionnsuidh a thighe fhreagair am ministear ann am briathran cràbhach "Bithidh mi toilichte dol chugaibh, ma bhios mi air mo air chaomhnadh, a' cur cudthrom anabarrach agus fuaim shòluimte air na facail ma bhios mi air mo chaomhnadh.

"O," arsa Tomas Chalmers, gu goirid agus gu tioram, "mur bi thu air do chaomhnadh cha bhi dùil againn riut."

Ach ged nach call e gu'm bruidhneadh daoine gu dìreach nàdurra, gun bhi ag uisneachadh cainnt chràbhach an uair nach 'eil feum oirre, bu chall mór e na'n dichuimhnicheamaid gu bheil sinn an eisiomail Dhe gach mionaid d' ar beatha, agus nach bu chòir dhuinn ceum mór no beag a ghabhail gun a bheannachd-san agus a stiùireadh-san iarraidh. Eadhon ged nach biodh na briathran air ar bilean, *Ma's e toil an Tighearn e*, ni mi sud no ni mi so, no *Ma bhios mi air mo chaomhnadh*, no *A dheòdin Dia e*, bu chòir gu'm biodh iad gu ðiomhair 'n ar eridhe, agus gu'n aidicheamaid esan agus a thoil anns gach ceum d'ar beatha

*Anns an uchd tilgear an crannchur, ach is ann o'n Tighearn a tha a riaghadh gu léir. (Gnàth Fhacail nan Iudhach.)*

*Thubhairt an righ, Falbhaidh mi am màireach, ach thubhairt a' ghaoth, Fanaidh tu riumsa. (Gnàth Fhacail nan Gàidheal.)*


Uime sin tha an t-abstol Seumas ag ràdh, na h-abraibh, Théid sinn an diugh no am màireach gus a leithid so de bhaile, agus ni sinn ceannachd agus gheibh sinn buannachd, ach 'na àite sin abraibh, *Ma's e toil an Tighearn e, ni sinn sud no so.*

## Call Leòdhais

Is e Leòdhais a' cheud àite anns a' Ghàidhealtachd air an d' thug an cogadh so droch sgrìob, oir bha dusan no ceithir deug de ghillean òga an eilein air an call anns a' bhàta mhór, an "Rawalpindi," a bha air a cur fodha le soitheach-cogaidh Gearmailteach. Cha d' thàinig call cho goirt air an eilean, co dhiu ann an aon

oidhche, o'n oidhche a chaidh an "Iolaire" air tìr, a' dol a stigh do Steòrnabhagh, agus a bha bàthadh eagallach air a dheanamh.

Tha co-fhaireachduin aig muinntir na Gàidhealtachd uile ris na dachaidhean ann an Leòdhais anns a bheil ionndrainn agus bròn aig an àm so.





## Coimhliontachd a' Chreidmhich

Ge b'e neach a ghineadh o Dhia, cha dean e peacadh; oir tha a shiol-san a' fantuinn ann: *agus chan 'eil e 'n comas da peacadh a dheanamh, do bhrigh gu'n do ghineadh o Dhia e.* 1 Eoin, iii., 9.

SIN agad, a leughadair, earrann de'n Sgriobtura bhiodh anabarrach freagarrach mar chuspair-bruidhne aig coinneamh-cheiste; cho freagarrach 's gu bheil mi cinnteach gu robh i air a tort a mach mar bhonn-ceiste iomadh uair cheana. Fosglaidh mise a' cheist mi fein air an duilleig so, ach bhithinn an comain mhinistearan agus cheistearan anns a' Ghàidhleatachd na'n cuireadh iad chugam air son na h-ath Aireamh am beachdan air an fhacal a sgrìobh Eoin, *nach 'eil e 'n comas do neach a ghineadh o Dhia peacadh a dheanamh.*

A bheil sin a' ciallachadh gu bheil fior shluagh an Tighearna gun pheacadh, no gu bheil neach air bith a ni peacadh a' dearbhadh leis a' pheacadh sin nach do ghineadh o Dhia e?

Anns a' cheud chaibideil de'n litir so tha Eoin ag ràdh, "Ma their sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'g ar mealladh fein, agus chan 'eil an fhàrrinn annainn," ach anns an earrann so tha e ag ràdh (a' labhairt ris na ceart chreidmhich), "Ge b'e neach a ghineadh o Dhia chan 'eil e 'n comas da peacadh a dheanamh." Ciamar a ghabhar ris an dà fhacal sin, gun an dara fear dhiubh a bhi 'n aghaidh an fhir eile?

So agad, ma ta, far am biodh *Concordance Gàidhlig feumail*, agus far a bheil an ceartachadh mu dheireadh a rinneadh air a' Bhiobull Ghàidhlig a' dearbhadh gu'm b'aithne do'n fhear nach maireann, an t-Ollamh Iain Mac Gill-eathain, a gnothuch. Am facial Gréigis a sgrìobh Eoin, an uair a thubhairt e, Chan 'eil e 'n comas da peacadh a dheanamh, sin a cheart fhacal a sgrìobh Lucas, an uair a tha e ag innseadh mu'n fhear a thubhairt r'a charaid a thàinig a dh'iarraidh iasad arain air gu h-anmoch (Lucas xi., 7). "Tha mo chlann maille rium anns an leabaidh; chan fhaigh mi éirigh." 1 Eoin iii., 9. An ti a ghineadh o Dhia, chan 'eil e 'n comas dhomh éirigh."

### A Thoil Féin.

Cha robh e a' ciallachadh nach b'urrainn dha éirigh a chionn gu robh an leum-droma air, no a chionn gu robh pairilis 'n a chasan, no a chionn gu robh aobhar corporra air bith a' bacadh dha éirigh; bha e a' ciallachadh nach robh e air son éirigh; gu'n

robh a thoil fhéin 'g a cheangal ris an leabaidh.

So, ma ta, a cheart rud a tha am facial a sgrìobh Eoin a' ciallachadh, "An ti a ghineadh o Dhia chan 'eil e 'n comas dha peacadh a dheanamh." Chan 'eil e a' ciallachadh nach rachadh aige air peacadh a dheanamh a chionn gu bheil cumhachd a chor-eigin a tha os ciorn a thoile féin 'ga chumail air ais, no 'ga dheanamh eu-comasach dha; tha e a' ciallachadh nach e a thoil féin peacadh a chur an gniomh a chionn nach 'eil cail aige dha. Theagamh gu robh cail aige do'n pheacadh uaireigin, ach o'n là a bhlaist e gur maith agus gur milis Dia chaill e a chàil do'n pheacadh, agus is e uile iarrtus anama a nis umhlachd a thoirt do lagh Dhe agus a thoil féin a striochdadh do thoil Dhe. Ghineadh o Dhia e, is tha beatha Dhe 'n a anam, agus mar sin tha cumhachd agus sòlasan eile aige 'n a anam a tha 'g a thogail os ciorn sòlasan peacach.

Cuing agus saorsa, saorsa agus cuing, tha iad a' dol còmhla daonna ann am beatha chreidmheach; gach neach a ghabhas cuing Chriosd air chan urrainn dha a ràdh, ciod air bith a their daoine eile, gu bheil e saor gu bhi a' peacachadh. Cho luath 's a ghabhas e an t-saorsa sin dha féin tha e a' call na saorsa a thug Chriosd dha.

M' an téid mi na's fhaide bu mhaith leam na h-earrannan so air a bheil mi a' bruidhinn a chur sios mar tha iad air an sgrìobhadh anns an dà Bhiobull a bhios mi ag uisneachadh.

### An Seana Bhiobull.

Lucas xi., 7. Tha mo chlann maille rium anns an leabaidh: *chan fhaigh mi éirigh.* 1 Eoin iii., 9. An ti a ghineadh o Dhia, chan 'eil e 'n comas dha peacadh a dheanamh.

### Am Biobull Ceartaichte.

Lucas xi., 7. Tha mo chlann maille rium anns an leabaidh: *chan urrainn domh éirigh agus toirt dhuit.*

1 Eoin iii., 9. Gach neach a ghineadh o Dhia *chan urrainn* da peacachadh.

Anns na h-earrannan so co dhiu lean na sgoilearan a rinn an ceartachadh mu dheireadh air a' Bhiobull an riaghait mhaith so, an aon fhacal Gàidhlig a chur daonnan mu choinneamh an aon fhacal Eabhra no Gréigis, ma ghabhas sin deanamh; *chan urrainn, chan urrainn* an àite *chan fhaigh, chan 'eil e'n comas dha*.

A bheil e comasach do dhaoine naomh ruighinn air staidh cho iomlan 's gu'm faodar a ràdh gu bheil iad gun pheacadh? Ràinig aon Neach air an staid sin, agus tha cuid de dhaoine diadhaidh a' creidsinn gu bheil e comasach do dhaoine eile a bhi gun pheacadh cuideachd. Is e sin gnothuch a bhuiineas do'n Ti uile-léirsinneach a mhàin, ach ged tha Leabhar Aithghearr nan Ceist ag ràdh nach 'eil e comasach do neach air bith o thuit an cinneadh-daonna ann an Adhamh, àitheantan Dhe a choimhead gu h-ionlan cha bu chòir dhuinn air a shon sin crìochan a chur roimh Spiorad an Tighearn, oir chan 'eil ceann no crìoch aig an naomhachadh a dh'fhaodas an Spiorad Naomh a dheanamh ann an daoine iriosal a dh'fhosglas a h-nile oisean d' an cridhe dha.

Tha mi an dùil gu'n do theagaisg Iain Wesley gu là a bhàis gu bheil e comasach do chreidmhich saorsa iomlan fhaotainn anna fein o'n pheacadh, ach ged bha e a' creidsinn gu'n d' fhuair euid de dhaoine a b' aithne dha an t-saorsa bheannaichte so cha d' aidich e riabh gu'n d' fhuair e fein i. Cha mhò a dh'aidich Pol; "chan e," ars esan, "gu'n d'ràinig mi cheana, no gu bheil mi cheana fairfe, ach tha mi a' leantuinn . . . a' dian-ruith dh'ionnsuidh a' chomharaidh."

Tha dà ni ann a bu chòir dhuinn a chumail 'n ar n-inntinn a ghnàth, (1) gu bheil sinn fada fada o bhi naomh, agus (2) gu'm faod sinn cumbachd Dhe, agus gealladh Dhe, agus Spiorad Dhe, a thagar, ma bu mhaith leinn obair an naomhachaidh a dhol air aghaidh 'n ar beatha. Agus iadsan a ghineadh o Dhia, ciod an obair eile a b'fhearr leò a dhol air aghaidh anna na gu'm biodh iad air an deanamh naomh, gun bhuaidh aig a' pheacadh thairis orra?

#### Beachd Nach Dean Cron.

Ged tha sinn deas gu bhi a' faotainn coire do dhaoine a tha a' teagasg gu bheil e

comasach dhuinn saorsa iomlan fhaotainn o chumhachd a' pheacaidh anns an t-saoghal so, chan 'eil mi an dùil gu'n dean am beachd sin uiread de chron spioradail do dhaoine ris a' bheachd eile gu bheil sinn uile gu léir truaillidh gu nàdurra, agus a dh'aindeoin ar toile no ar creidimh, gu'n lean an truaillidheachd sin ruinn gu là ar bàis, *agus mar sin nach 'eil feum ann dhuinn dùil no dòchas a bhi agairn ri saorsa o chumhachd a' pheacaidh*. Chan ann air cumbachd a' pheacaidh, no air a' ghireim a tha aige air uile bhuidhean agus nàdur an duine a bu chòir dhuinn ar n-aire a chumail, ach air rùm Dhe d'ar taobh, air an t-saorsa gus a bheil Criod 'g ar gairm, agus air còmhnaidh an Spioraid Naoimh.

*Is i so toil Dhe, eadhon bhur naomhachadh-se.*

*Iadsan as le Criod, cheus iad an fheòil maille r'a h-an-tograibh agus r'a ana-miannaibh.*

*Thagh Dia sibh o thùs chum slàinte tre naomhachadh an Spioraid.*

An làthair an Ti Naoimh aig a bheil iomlanachd 'n a nàdur féin chan urrainn neach air thalamh a ràdh nach 'eil e a' peacadachd 'n a smuaintean, agus 'n a thoil, agus 'n a aignidhean, gach mionaid d'a bheatha, ach tha aon ghlòir aig a' ghréin agus glòir eile aig a' ghealaich; aon iomlanachd a bhuiineas do Dhia a mhàin agus iomlanachd eile a bhuiineas do chloinn-daoine, agus ged nach bi cridhe mhic an duine gun pheacadh cho fad 's a tha e anns an t-saoghal so, agus ged nach bi e iomlan mar tha Dia iomlan, tha am Biobull ag iarraidh oirnn a bhi coimhlionta mar tha ar n-Athair nèamhaidh coimhlionta. Smuainich, a leughadar, air na facail so, ciod a tha iad a' ciallachadh, agus ciod am mùghadh a tha eatorra; duine maith; duine diadhaidh; duine fireanta; duine naomh; duine fairfe; duine coimhlionta; duine iomlan.

Co ris a theireadh tu duine iomlan? Cha ruig mi leas a ràdh, oir chan 'eil duine iomlan air thalamh. Ach theirinn duine coimhlionta, no fairfe, ri duine a tha a' giùlan a mach 'n a bheatha a' chrioch a bha anns an t-sealladh aig Dia an uair a chruthaich e e.

#### Anns a'

#### Chathair

dha dol ann, agus chuir i air chois *Cùirtean* anns am biodh e air a rannsachadh le breitheamhna cothromach co dhiubh a tha

AN uair a thòisich an cogadh dh'aontaich a' Phàrlamaid nach biodh duine air bith air a chur do'n arm ma bha a choguis an aghaidh

no nach 'eil an fheadhainn leis nach leig an coguis dol do'n arm firinneach is treibh-dhireach anns na tha iad ag ràdh. Bha fios aig a' Phàrlamaid gu maith gu bheil seòrsa dhaoine ann aig a bheil a leithid de choguis 's nach b' urrainn dhaibh dol do'n arm gun a mùchadh, ach bha fios aice cuideachd gu bheil seòrsachan eile ann a dh' fheuchadh ri lethsgul a dheanamh d' an coguis air ghaol cunnart is saothair a' chogaidh a sheachnadh, agus mar sin chuir i air chois na Cùirtean so gu bhi mar ghuit no phasagnag a dhealachadh an t-sil o'n mholl, rud a tha duilich a dheanamh.

Theagamh gu'm biodh e na b'fheàrr agus na bu chothromaise air a' cheann mu dheireadh na'n d' thubhairt a' Phàrlamaid agus an righ, "Chan e ar gnothuch-ne coguissean dhaoine a cheasnachadh, oir am measg leth-cheud muillean de shluagh tha coguissean agus beachdan de gach seòrsa agus dath, ach is e ar gnothuch-ne an rioghachd a dhòn, agus mar sin tha e mar fhiachaibh air muinntir na rioghachd uile, a tha a' sealbhachadh a sochairean an làithean sithe, an roinn dhligheach fein a dh' uallach a' chogaidh a ghiùlan."

### Lagh Uasal.

Ged theireadh a' Phàrlamaid agus an rìgh sin cha bhiodh ann ach rud a tha cothromach agus ceart, ach rinn iad rud a bu chriosdaile agus a b' uaisle; thus iad cothrom do dhaoine aig an robh coguis nach leigeadh leò dol do'n arm seasamh air an ais. Bha a' cheud cheum so uasal agus crìosdail, agus chan 'eil a bheag de rioghachdan anns an t-saoghal a bheireadh an t-saorsa so do choguissean an t-sluaigh ach Breatunn fein, ach an uair a thòisicheadh air an ath cheum a ghabhail, agus a shuidh Cùirtean na coguis a thoirt binn air na daoine a tha a' tighinn air am beulaibh, thatar a' facinn nach ruigeadh a' Phàrlamaid a leas uiread ioma-guìn a bhi oirre mu choguissean an t-sluaigh, oir chan 'eil anns a' mhór chuid de na daoine a tha ag iarraidh as o'n chogadh anns na Cùirtean ud ach daoine drannd-anach, neo-thoilichte, a tha air an dalladh le an laghaireachd agus an dannarrachd fein; sliochd nan daoine a bha ann an uaimh Adullaim, a tha ag ràdh, an ainm an coguis, nithean a chuireadh eagal air Socrates, agus air Pol, agus air an Easbuig Butler.

Theagamh gu'n saoil thu, a leughadair, gu bheil a' chainnt so gu maith làidir, ach ma leughas tu an t-iomradh a gheibhear anns na paipearan-naidheachd air obair Cùirtean na

coguis, chi thu nach 'eil agam ach an tul-flhirinn. An uair a leughas mi an seamsan faoin, gun bhun gun bhàrr, a bhios a' dol air aghaidh eadar na breitheamhna agus an fheadhainn a tha iad a' ceasnachadh, agus sin uile air a dheanamh ann an ainm Coguis, bitidh e a' cur feirge agus nàire orm tamait flhollaiseach a bhi air a thoirt do'n Ghuth nèamhaidh so, an lòchran as dealraiche ann an nàdur mhic an duine. Agus air uairean bitidh mi a' saoilsinn nach aithne dhaibh, taobh seach taobh, eiod a tha am facial Coguis a' ciallachadh.

### Na Paipearan-naidheachd.

Theagamh nach 'eil an gnothuch cho dona 's a shaoileadh tu o na paipearan-naidheachd, oir cha toir na paipearan-naidheachd a bheag de chunnitas ach air daoine agus air nithean a tha ùr agus annasach. Faodaidh e bhith gu bheil iomadh duine grinn, ciallach, iriosal, ag iarraidh as o'n chogadh ann an Cùirtean na coguis a thuilleadh air an fheadhainn a bhios ri laghaireachd m' an còraichean agus mu chor an t-saoghal; daoine diùid agus diadhaidh nach marbhadh eadhon a' mheanbh-chuileag gun chadal na h-oidhche a chall air a thàilleamh. Na 'm bitinn-sa 'n am bhreitheamh air a' chùis leiginn an fheadhainn sin as o dhol ri aghaidh-bualaidh anns a' chogadh, oir is ann air an son a rinn a' Phàrlamaid an lagh caomhail so. Tha mi cinnteach gur e so a' bhinn a bhios na Cùirtean fein a' toirt a mach, a chiomh gu bheil an seòrsa dhaoine so toileach obair air bith a dheanamh, no cruald air bith fhlolang a chuidicheas leis an rioghachd, ach a mhàin gunna a ghabhail 'n an làimh.

Ach an uair a thig peasain dhalma air beulaibh na Cùirte, cuid dhiubh a tha a' faotainn aran glan air bheag saothair ann an seirbhis a' Chrùin agus cuid eile dhiubh a' faotainn aran nach 'eil cho glan 'n an gilleann-dibhe ann an tighean-òsda, far a bheil iad a' puimseanachadh agus a sgrios móran d' an co-chreutairean, agus a thòisicheas na peasain sin air a ràdh gu spailpeanta nach 'eil iad ag aideachadh gu bheil òighdarras air bith aig a' Chùirt thairis orra; nach 'eil iad a' creidsinn ann an Dia no ann an eaglais; nach 'eil co-chomunn aca ri luchd-aideachaidh Chriosd; nach rachadh iad 's an eadairginn ged chitheadh iad beubanachd air a dheanamh air am pàrantan; nach tugadh iad balgam uisge do shaighdear leònta; nach sgnabhadh iad ùrlar ann an ospadal, ma bha saighdearan air an leigel a steach ann; an uair a thòisicheas peasain nach 'eil tri bliadhna fichead air

nithean mar sin a ràdh ann an ainn an coguis, cha bu chòir do'n Chùirt dol ann an argumaid riu idir, oir chan e an coguis a tha a' toirt orra seasamh a mach o dhaoine eile ach laghaireachd, agus aineolas, agus dannarrachd a tha annta gu nàdurra.

### Daoine Neònach.

An àite a bhi a' pliodaireachd air an t-seòrsa dhaoine so dol do'n arm theirinn-sa riu nach leiginn do'n arm iad air son an t-saoghal; nach cuirinn de thàmaitl air na gillean gasda a chaidh a mach gu h-usas agus gu duineil a dhion an dùthchea an leithidean-san a dhol 'n am measg; agus nach mò a bhiodh peanas air a dheanamh orra ach a mhàim an t-aideachadh a rinn iad fein nach 'eil annta ach daoine neònach nach 'eil coltach ri daoine eile, agus a tha gun fheum do'n rioghachd an là na h-airce.

Anns a h-uile rioghachd tha àireamh mhaith dhaoine nach 'eil mar dhaoine eile; daoine a dh'fheumas a bhi an aghaidh chàich daonnan, a chionn gu bheil neònachas no laghaireachd, no dannarrachd, annta gu nàdurra, agus a tha an dùil gu bheil iadsan ceart agus an saoghal uile ceàrr. Ma's maith mo bheachd is ann de'n t-seòrsa so a tha a' chuid mhór de na tha dol air beulaibh Cùirtean na coguis, agus a réir an aideachaidh féin tha iad cinnteach as an dà rud so, (1) gu bheil coguis gheur agus bheò aca, agus (2) gu'n rachadh aca air an t-saoghal a chur ceart na'n gabhteadh an dòigh-san.

### Daoine macanta agus iriosal.

Ach an dràsd 's a rìs chi thu gu bheil seòrsa eile a' tighinn air beulaibh nan Cùirtean ud; an seòrsa a bha anns an amharc aig a' Phàrlamaid an uair a rinn i an t-Achd; daoine ciùin macanta aig a bheil coguisean maoth gu nàdurra agus a tha air an deanamh na's maoithe le am beatha dhiadhaidh féin; daoine nach togadh an làmh ri duine eile air son an t-saoghal, agus a tha a' faireachdaimn 'n an eridhe féin gu'm biodh e 'na pheacadh eagallach dhaibh duine eile a mharbhadh, ged nach glaoith iad sin air na sràidean. Tha breitheamhna nan Cùirtean siobhalta agus faireachail ris an t-seòrsa so gun teagamh, ach air a shon sin tha de mheas agam-sa orra, agus de urram agam do'n lòchran nèamhaidh ris an abrar Coguis 's gu bheil mi duilich gu'm feum iad an aon Mhòd a sheasamh ris an fheadhainn eile a tha làn de fhéin-fhìreantachd agus de laghaireachd.

Cha robh mi a' ciallachadh an uiread so a ràdh an uair a thòisich mi; is e a bha 'n am

bheachd gu'n iarrainn air na ministearan òga a bha anns a' Chollaist air dheireadh orm fhéin, agus aig a bheil inntinnean na's géire agus na's subailte na tha agam-sa, eunntas cothromach a thoirt dhuinn air Coguis; a gné, agus a h-úghdarras, agus a h-obair. Na'm faighinn a leithid sin de chunntas bhithinn anabarrach toilichte a thoirt am follais am Miosachan na h-eaglais, a chionn gu bheil mi cinnteach gu'm b' fhéaird sinn uile solus fhaotainn air a' chùis nach 'eil againn. So euid de na ceistean a bu mhaith leam a bhi air am freagairt,

Ciod a tha coguis a' ciallachadh?

Ciod an dàimh a tha eadar do choguis agus do bheachdan?

Am faod coguis thréibhdhireach a bhi aig duine dona?

Ciod a theireadh tu ri duine nach leigeadh a choguis leis buntata a chur ged leigeas i leis buntata iteadh?

### Dòrlach Bhioran.

Ach ged nach 'eil mi fhéin a' dol a fhreagairt nan ceistean sin bu mhaith leam làn-an-dùirn de bhiorain a thoirt do neach air bith eile a ghabhas os làimh teine fhadadh; cuid dhiubh as mo choille bhig fhéin agus cuid dhiubh á coiltean eile.

*Air dhaibh a bhi air an agairst le 'n coguis féin, chaidh iad a mach.—Eoin viii., 9.*

Chan 'eil am facial coguis ri fhaotainn anns an t-Seann Tiomnidh, ach ged nach 'eil am facial ann, bha an coguis beò ann an daoine anns na làithean ud mar tha i beò annta an diugh.

*Cuiridh fuaim duilleig air chrith air theich-eadh iad, agus tutidh iad an uair nach bi neach an tòir orra.—Levit. xxvi., 36.*

*Teichidh an t-aingidh, gun neach bhi an tòir air.—Gnath-Fhacail xxviii., 1.*

*Chaith mise mo bheatha a thaobh Dhe anns an uile dheagh choguis gus an là an diugh.—Pol.*

Am b'e coguis Phoil a thug air aon rud a dheanamh aig aon àm 'na bheatha, agus rud calg-dhireach 'n a aghaidh aig am eile?

*Coguis neo-lochdach a thaobh Dhe.—Pol.*

Coguis anfhann; coguis bheò; coguis air a losgadh le iarunn dearg; coguis ghlan; coguis air a salachadh; coguis mharbh; coguis nach feòraich ceist; coguis mhealhta; duine a ni coguis de ni suarach; ciod a tha na facail sin a' ciallachadh?

Ma chaill thu do choguis chan 'eil dad agad air fhàgail as fhiach dhuit a ghleidheadh.—*Isaac Walton.*

Chan 'eil daoine air an t-saoghal as duiliche guothuch a dheanamh riu na daoine aig a bheil coguisean usaideach.—*Napoleon.*

Is socrach a' chluasag coguis shaor ; mar sin cum beò 'n ad bhroilleach an lasair

sholuis a chuir Dia ann, agus gu ma feàrr leat fulang seach fianuis do choguis a mhùchadh. Faodaidh tu bhi ceàrr, agus do choguis réidh riut, ach tha thu ceàrr gu cinn teach, ma tha i 'g ad dhíteadh.

## Aobharan a' Chogaidh

*Leis an Urramach Alasdair MacFhionghuin, Ph.D., an Cill-mo-Naomhaig*

IS éigin dhuinn uile a bhi a' smuaineachadh gu tric gach latha mu'n chogadh. Bithidh cuid a' smuaineachadh air ach gann an còmhnuidh, a chionn an clann air neo an dàimhich a bhi ann an cunnart air a thàileamh. Tha e soilleir gu bheil deuchainn theann air thoiseach oirnn mar shluagh mu'n tig a' chòmhstòri gu crìch ris an urrainn sinn an n-aonta a chur, oir tha an nàmhaid làdir ann an armachd de gach seòrsa, agus tha e suidhichte air sinne gu sònruichte a smachdachadh, agus ar cumhachd anns an domhan a bhriseadh, oir tha e a' creidsinn gur sinne a tha a' seasamh eadar esan agus nach-drachd na h-Eòrpa agus àrd ùghdarras feadh an t-saoghal uile. Faodaidh nach 'eil e ann am mearachd 'n a bheachd.

### Aobhar na Còmhstòri.

Chuir e mór iongnadh orm a bhi a' cluinnint duine a tha sònruichte glic ann an gnothuichean tuathanachais ag ràdh gur searbh do'n rioghachd so dol gu cogadh mu chùis a reiticheadh ceathrar fheara pongail 'n an suidhe mu bhòrd ann an uair an uaireadair, 's e sin, a' cheist a bha eadar na Gearmailtich agus na Pòlaich. Tha eagal orm gur beag a thuig esan de ghnè na ceiste ud ; agus faodaidh gu bheil móran anns an dùthaich so fhat hast aig nach 'eil tuigse as feàrr oirre. Ma tha iad a' saoilinn gu'm b'ann a mhàin mu Dhantsig agus an Amhach (The Corridor) a bha an gnothuch, tha iad air am mealladh : cha robh anna sin ach lethsgul do na Gearmailtich air son staid Phòland a bhriseadh, agus greim a ghabhail air an dùthaich agus air a beartas air son am maith féin. Cha chreid mise gu'm biodh e ro fhurasda do dhà Ghearmailteach agus do dhà Phòlach còrdadh uime sin. Rinn na Gearmailtich soilleir do'n t-saoghal uile, nach b'e còrdadh a bha dhìth orra, ach sgrios, creich, agus farsuingeachd ; agus tighdarras thairis air sluagh ris an robh eud agus fuath aca. Mar sin, amhuiil a rinn iad cheana, ann an Austria agus ann an Checko-Slovakia, bhrosnaich iad an sluagh an aghaidh a chéile, ann an dòchas gu'n creideadh an saoghal gu'n robh aobhar làdir aig a' Ghearmailt air

son dol do'n eadraiginn : agus an uair a rachadh, chrìochnaicheadh i an gnothuch mar a fhreagrachd oirre féin. Cha chreid mise gu bheil e furasda tighinn gu còrdadh ri daoine d'an creud agus d'an cleachdadh an saoghal a mhealladh le geallaidhean fallsa, agus cothrom a ghabhail gu leum air an coimhlearsnaich laga, los am briseadh agus an slugadh, mar a rinn na Gearmailtich a nis tri uairean taobh a stigh dà bhliadhna, 's e sin mur 'eil sinn de 'n aon bheachd riu féin, gu bheil a leithid sud de mhealladh, de fhòirneart, agus de spùinneadh, ceart agus freagarrach dhaibhsan d' am bheil e comasach : gur cumhachd a tha a' toirt còir ; agus nach buin do 'n fhear lag ach na cheadaicheas am fear làdir dha.

### Siol nan Sonn.

Tha 'sin dona gu leòr, ach tha na's miosa na sin eadar sinne agus iadsan an diugh. Faodaidh gur e a bhi a' faicinn ar cunnart féin a' dùlthachadh a chomh-eignich sinn mu dheimeadh gu dùlain cogaidh a thoirt do 'n Ghearmailt, oir a réir teagaisg Hitler 'n a leabhar iomraiteach, chan 'eil crìoch idir ri chur ri fàs agus ri uachdranachd na Gearmailt ; oir tha a sluagh de shiòl nan sonn, tha iad an còmlinuidh a' fàs na's liomhoire ; mar sin, tha e soilleir gu bheil iad air an gairm gu bhi a' riaghlaidh anns an t-saoghal. Is e an dileasdanas, cho luath agus a tha iad làdir gu leòr, rioghachd an déidh rioghachd a cheannsachadh, agus a thoirt fo 'n aon òrduig riu féin. Am bitheantas fòghnaidh dhaibh-san maoidheadh, gu bhi a' faighinn an toil air gach cinneach gun dòrtadh fola. Sin an teagastg bha iad a' maoidheadh oirnne cheana, gu sònraichte a thaobh oighreachdan Africanach a chaill iad anns a' Chogadh Mhór ; agus chan 'eil an teagamh as lugha, n' an soirbhicheadh leis a' Ghearmailt 'n a foirneart air a coimhlearsnaich an dràsda, nach b' fhad an dàil gus an tionndadh i oirnne le a h-uile chumhachd.

Chan 'eil teagamh nach e so roinn mhaith de aobhar a' gheallaidh a thug sinne agus an Fhraing do Phòland, agus a chuir sinn gu cogadh goirid 'na dhéidh ; seadh, gu'n

robh sinn féin anns a' cheart chunnart, ged nach robh e cho dlùth, no cho bagrachail oirnne is a bha e oirre-se.

### Prionnspalan riaghlaidh.

Ach tha tuilleadh is sin air a' chùis; agus gu sònruichte so, na prionnspalan riaghlaidh a tha na Gearmailtich a' cleachdadh 'n an dùthaich féin, agus anns na dùthchanna a tha iad a' cur fo 'n cuing. Na 'n robh na prionnspalan sin cothromach; 'n an robh an Staid Ghearmailteach a' cur dìon laghail air beatha, air cuid, agus air còirichean cumanta dhaoine; n' an robh i a' ceadachadh dhaibh saorsa coguis, saorsa beachd, saorsa facail, agus saorsa cruinneachaidh; agus na 'n robh i a' feuchainn ri certas a fhrithdealadh do gach seòrsa sluaigh a tha an taobh a stigh d'a criochaibh—ni air son an robh an t-seann Iompaireachd Ròmanach, a dh' aindeoin a cruaic, iomraiteach agus onorach—is dòcha nach bu mhiosa do 'n t-saoghal ise a sgaoileadh a sgiathan, agus a cothrom a dhol ann am meud, na 'n tachradh sin, gun mhilleadh no gun chall d'a coimhairsnaich. Cha mhotha bhiodh e furasda a roinn de dhùthchanna nach 'eil 'g an oibreachadh a dhìùltadh dhi.

Ach an àite sin, is ann a tha againn anns a' Ghearmailt an diugh seòrsa riaghlaidh a tha 'n a aobhar uamhais; a tha a' deanamh tair air duine mar dhuine; a tha a' diùltadh dha dìon laghail air a phearsa agus air a chuid; a spionas a mach o chagait e, a thilgeas am priosan e; a sgiùrsas e gus am bi fheòil 'g a sracadh, agus a mharbhais e, gun chùirt, gun mhòd, chan ann air son eucoir air bith, ach air son bheachdan; no a chionn gu bheil fuil Iudhach ann; no do bhrigh nach toir e do Hitler an tìmhleachd a bhuineas a mhàin do Dhia. Geur-leanmuinn, far-chluais, agus eagal—sin priomh innealan riaghlaidh na h-Uachdranachd ud, a tha a' deanamh tair air gach sluagh anns nach 'eil fuil Ghearmailteach; a tha a' deanamh tair shònruichte agus eucoir nach gabh tomhais air na h-Iudhaich; a tha a' deanamh tair air Criod agus air prionnspalan a theagaisg, gu sònruichte irioslachd, truacantas, tròcair, gràdh coimhairsnaich, deagh-ghean do dhaoine mar dhaoine; tha na prionnspalan diadhaidh so uile air an àicheadh agus air an toirmeasg. Tha an òigridh 'g an teagasg ann an spiorad nan gaisgeach 's e sin cruas, uabhar, agus naimhdeas; agus tha cogadh, sgrìos, spùinneadh, agus cumhachd thairis air rioghachdan eile, air an glòrachadh dhaibh leòsan a tha 'g an oileneachadh.

### Crois nan cinneach.

Chan fhaisear a' Chrois Chriosduidh 'n am measg, ma ghabhas i falach; ach chithear gu leòr de sheann Chrois Cham dhuaichnidh nan cinneach, anns nach 'eil cuimhneachan air ni maith air bith. Ged nach leig an t-eagal leò na h-eaglaisean a dhùnad, tha iad a' tarruing na h-òigridh uapa, anns a' bheachd ann an tìne ghoirid, gu'm bi na h-eaglaisean gun chomhthionailean, agus gu'm bàsaich an Creideamh Criosduidh de chion luchd-aideachaidh. Mar sin tha iad an dòchas gu'n téid ás do phriomh nàmhaid na Gearmailte Móire—'s e sin, am bacadh a tha teagasg Chriosd a' cur air rùintean breuna, fòirneartach; agus gu'm faigh an sàr-shluagh so mu dheireadh an cead gu bhi a' leagail an cuinge, le an cumhachd armaichte, thairis air rioghachdan as luige, gun choguis, gun amharus, gun bhuige. Bithidh uachdranachd aca-san, tha iad an dòchas o fhairge gu fairge, agus o'n abhainn gu ruig criochan na talmhainn—"a' Ghearmailt os cionn nan uile," mar a dh' éigheas iad 'n an còmhdailean.

### A' Ghairm.

Ann an aon fhacal, tha iad ann am beachd an dùthaich féin, agus dùthchanna eile a riaghlaidh le prionnspalan Shàtain. Sin agaibh a réir mo thugse-sa, fior aobhar a' chogaidh so, an oidhrip ud air Staid Aindiadhaidh euceartach a dheanamh uile-chumhachdach anns an Roinn-Eòrpa; oir cho luath is a nochdadhan an rùn breun ud gu soilleir do'n t-saoghal, thàinig gairm o'n àird nach gabhadh diùltadh gu Breatainn agus an Fhraing gu sònruichte, dol an uidheam gu bhi a' briseadh na h-oidhrip eu-céillidh agus a' toirt gu neo-ni rùn dorcha nan amadan. Chan 'eil sinne no an Fhraing gun iomadh aobhar aithreachais ann am fianuis Dhe agus dhaoine; ach a dh' aindeoin sin uile, fhuaire sinn a' ghairm éifeachdach so ann am freasdal Dhe. Fuingidh sinn uile gun teagamh; ach tha ar sluagh an diugh aonaichte agus taingeil gu bheil iad mu dheireadh 'n an seasamh, a' còmhrag air son firinn, saorsa, agus certas, feadh an t-saoghal, seach mar a bha iad fad bhliadhnanachan ann an ioma-cheist agus näire, am feadh is a bha na fir-staid aca a' feuchainn a bhi réidh ri reubairean rioghachdan agus creachadairean anama dhaoine.

Aon uair eile, ma ta, fhuaire sinne mar shluagh an t-urram àrd so, eadhon seasamh agus còmhrag agus fulang air sgàth na tha a' deanamh beatha mhic an duine air an talamh luachmhor agus onorach. Fuingidh sinn uile; ach biodh deagh mhisneach againn. Tha sinn ann an slighe ar dleasdanais; tha

cumhachdan neo-fhaicsinneach 'g ar neart-achadh ; agus tha deagh aobhar againn a bhi

a' creidsinn, ged a bhruthar ar sàil, aig a' cheart àm, gu'n saltrar air ceann na nathrach.

## Aig an Uinneig

### An t-Urramach Alasdair MacRath

BHA mi duilich fhaicinn gu'n do chaochail am ministear maith so ann an deireadh Ianuari ; fear-teagaigsoisgeulach agus fear-seanchais gasda aig an robh móran naidheachdan mu sheana mhiniestaran an taobh Tuath.

Bhris air a shláinte ann an 1932, agus b' fheudar dha an eaglais a bha aige ann an Tung, an Cataibh, fhàgail. M'an deachaidh e do Thung an 1926, bha e ann am Partick, an Glaschu ; 'na dhéidh sin an Craoich, an Cataibh ; ann an Tairbeart Chinn-tire ; agus ann an Rattraidh, am Peairt.

Bhuineadh e do Cheann-Loch-Biorbhuidh, agus bha e dùthchasach dha ùidh a bhi aige anns na "daoine" agus na "mnathan diadhaidh" o shean air am biodh e a' deanamh seanchais agus a sgriobhadh. Bha ealain mhaith aige air Gàidhlig a sgriobhadh, agus ged nach robh e fèin 'g a shaolsinn, bha na nithean a bhiodh e a' sgriobhadh as a cheann fhéin móran na b' fhéarr na na nithean a bhiodh e a' dioghlum cho eàramach á teagast agus seanchas nan aithrichcean agus nan "daoine" an Cataibh agus an Ros.

Bha e 'na mhiniestear soisgeulach, agus theòdhadh a chridhe ri fuaim "dùsgaidh," ge b'e aite no dòigh anns an robh an dùsgadh a' dol air aghaidh. Leugh mi dhà no trì de na leabhraichean a sgriobh e, leabhraichean beaga cùbhraidh anns a bheil blas agus àile na diadhaidheachd. Sgriobh mi uaireigin cheana mu fhear dhiubh sin air an duilleig so, "Teine Dhe am measg an Fhraoch."

### An t-Ollamh Teàrlach D. Bentinck

Ann am mìos Ianuari thàinig call eile air Eaglais na h-Alba le bàs mo charaid, seana mhiniestear Dhornoch, ministear cho maith 's a bha anns an taobh Tuath.

Rugadh e an Cinn-Ghiùbhsaich an 1866 ; bha e air oilleanachadh an Oilthigh Dhùn-éideann, far an do choisinn e M.A. an 1886, agus an Oilthigh Chill-rimhinn, far an do choisinn e B.D. an 1888. An déidh dha cead-searmonachaidh fhaotainn o Chléir Obartneithe bha e greis 'n a fhearr-cuideachaидh an eglais Chaluim-cille an Glaschu, ach an ceann bliadhna bha e air a shuidheachadh

ann an Cnoc-Mhoire, an Inbhir-nis (an 1889) agus gun e ach tri bliadhna ficead. Ann an 1907 dh'fhàg e Cnoc-Mhoire, agus chaidh e do'n eaglais Mhóir ann an Dornoch, eaglais an Naoimh Gilbeart, far an do shaothraich e gus an do leig e dheth obair na sgìre an 1934.

Cha robh Teàrlach Bentinck riamh comharrachaite mar shearmonaiche, ach bha e comharrachaite mar aodhair dileas agus dleasdanach a bha cho fritheilteach d'a choimhthional 's gu'm biodh a chas air na stairsnichean aca gun sgur. Bha mise anns an aon chléir ris còig bliadhna ; bhithinn a' dol do Chnoc-Mhoire glé thric, is b' aithne dhomh gu maith dòighean Mhgr Bentinck ; ged nach deanadh muinntir Chnoc-Mhoire ach am meur a ghearradh rachadh e g' am faicinn, is leanadh e air dol 'g am faicinn, gus an rachadh i na b' fheàrr. Bha e 'n a dhuine seanchasach ris an robh e furasda do gach seòrsa dhaoine dol a bhruidhinn ; treabhaichean agus searbhanstan, balaich agus caileagan ; bha bàighealachd nàdurra ann a bhiodh a' tarruing dhaoine 'g a ionnsuidh mar nach tàirngeadh èolas no tälant-labhairt.

Bha ùidh mhór aige ann an obair na h-eaglais, aig an tigh agus thar chuantan ; gus an do thòisich an aois air laighe air cha robh ministear eile anns an taobh Tuath a bha dol cho tric ris do Dhùn-éideann, far a bheil Cinn na h-Eaglais a' cur an comhairle ri chéile agus a' cur nan cuibhlichean mu'n cuairt.

Ach ged bha làmh aige ann an obair na h-eaglais an taobh a muigh de Sgùir Dhornoch cha do rinn e riamh dearmad (mar is tric a tha tachairt) air a' choimhthional fhéin ; a Shàbaid agus a sheachduin bhiodh e air a thurusan anns a' bhaile am measg bhochedan agus dhaoinne tinne.

Bha ealain aige air airgiod a chruinn-eachadh, agus thruis e suim mhór a dheanamh Ard-eaglais Dhornoch cho breagh agus cho maiseach 's a bu chòir dhi bhith. A thuilleadh air sin sgriobh e leabhar mórtiugh mu eachdraidh na h-eaglaise Móire agus mu eachdraidh na sgìre, leabhar nach b' urrainn duine air bith a sgriobhadh gun mhóran saothair agus rannsachaidh. As a thigh-tasgaidh bhiodh e a' toirt nithe nuadh agus sean do Chomunn Gàidhlig Inbhir-nis.

Mar sheula air obair agus air a sgoilearachd thug Oilthigh Chill-rìmhinn D.D. dha an 1925.

B' e an t-Ollamh Teàrlach Bentinck am ministear mu dheireadh a b' aithne dhomh aig an robh teaghach mór; naoinear o'n cheud mhnaoi, nighean do'n Urramach Seumas Friseal, M.A., a bha ann an Earghlais, dlùth do Mhanachainn Mhic Shimidh. Ged nach 'eil cho fada o shiubhail Seumas Friseal thubhairt e rium uaireigin gu'm b' esan a' cheud *mhinistear* a chunnacas riagh air *bicycle* an Ionar-pheofharan; bha seana mhathan anns na dorsan a' glaodhach ris, "Mo näire, mo näire."

Dithis a bu chòire no a b' aoibheile 'n an tigh fein na Teàrlach Bentinck agus a bhean chan fhraigheadh tu ann an seachd sioramachdan. Shiubhail ise ann an 1932; ann an deireadh a làithean phòs e bantrach an Urramaich Seòras R. MacGill Fhinnein, a bha ann an Inbhir-Theòrsa.

### Anns an uair sin fein.

Ann an soisgeul Luais (XII., 11-12) tha e air a ràdh, "Na bitheadh e 'n a ro-chùram oirbh cionnus no ciód a fhreagras sibh, oir teagaisgidh an Spiorad naomh dhuibh anns an uair sin fein na nithean as còir dhuibh a ràdh." Chuala mi duine maith uaireigin a' dìteadh mhinistearan a bhios a' leughadh an searmoin, agus 'g a sheasamh fein leis an fhacal so á soisgeul Luais. Ciód air bith a tha na briathran a' ciallachadh, tha mi an dùil nach e sin a tha iad a' toirmeasg, oir ma tha duine air a theagasc leis an Spiorad naomh is coma do'n luchd-éisdeachd co dhiubh a leugas no labhras e an ni a fhuair e o'n Spiorad naomh.

Ach ma tha aon air bith de m' bhràithrean, ministear no ceistear, a' dol a shearmonachadh air a' cheann-theagaisg so bu mhaith leam naidheachd a thoirt dha a chuireas solus air a' ghealladh so a thug Criosd d'a dheisciobuil.

Uair a bha Seòras I. Holyoake, duine aig an robh inntinn làdir gheur ach nach robh a' creidsinn anns a' Bhiobull, no anns a' chreideamh Chriosduidh, a toirt seachad òraid ann am baile ann an Sasunn, cò a bha anns an Talla mhór anns an robh e a' cur an aghaidh a' Chreidimh ach am fear nach maireann, an t-Ollamh Joseph Parker, agus e aig an àm 'n a mhinistear òg.

Cha robh e furasda do Joseph Parker uair air bith a bhi sàmhach agus argumaid a' dol air aghaidh, agus is e a thàinig as a' chòmhdbhail ud gu'n do lean an dithis orra fad trì oidhchean, a' freagairt a chéile agus a' reusonachadh mu Dha, agus mu'n Bhiobull, agus mu Chriosd.

Fad nan trì oidhchean chaidh an deasbuid air aghaidh gu ciallach agus gu h-uasal, gun an dara fear ag 'rìdh' dad a' bheireadh oilbheum do'n fhear eile, ach gach 'fear dhiubh a' seasamh a bheachdan fein mar a b' fhèarr a b' urrainn dha.

An uair a chuir Holyoake a' cheist so air Parker, "An do chuidich Dia le Stephen an uair a bha e air a chlachadh agus air a mharbhadh, no an do rinn e dad idir air a shon?" , cha robh fhios aige fad ceathramh na mionaide ciod an fhreagairt chothromach a bheireadh e do'n cheist, oir cha b' urrainn e a ràdh gu'n do shaor Dia Stephen o'n bhàs, no gu'n robh a fhreasdal timchioll air 'n a chàs. Ach ann an ceathramh na mionaide sin rinn e mar rinn Nehemiah, rinn e úrnuiigh ri Dia nan nèamh, agus gu là a bhàis bha e cinteach gu'n do chuir an Spiorad 'n a bheul na briathran leis an do fhreagair e a' cheist. "Ged nach do shaor Dia 'n a fhreasdal," ars' esan, "Stephen o'n bhàs, agus ged nach cuala agus nach faca na mortairean dad a dhearbhadh dhaibh gu robh Dia dlùth d'a sheirbhiseach, rinn Dia nì a bu mhìorbhuliche air a shon na ged chuireadh e ainglean 'ga shaoradh, thug e comas do Stephen a ràdh, 'A Thighearna, na cuir am peacadh so as an leth.' Sin agad ciód a rinn Dia air son a sheirbhisich, agus ma dh' aontaicheas tu gu bheil cumhachd air bith ann am ministrealachd spioradail de'n t-seòrsa sin, no gu robh buaidh air bith aig briathran Stephen air cridheachan dhaoine eile troimh na linntean, saoilidh mi gu'n aidlich thu gu'n do rinn Dia 'n a fhreasdal ni mór agus mòrbhuileach air son Stephen."

Bha Seòras Holyoake 'n a dhuine onorach, uasal an deasbuid agus an argumaid, agus cha d' thubhairt e an còrr air a' phuing ud; dh' fhàg e an gnothuch mar dh' fhàg Parker e gun a fhreagairt.

### Obair Dhiomhain

An uair a thòisicheas duine air e fhéin fhìreanachadh théid aige air dreach na firainn a chur air a' bhréig.

Tha an dara leth de shluagh an t-saoghal a' cur seachad an dara leth d' an tìne 'g am fireanachadh fhéin.

An uair a chuireas duine roimhe rud air bith a dheanamh gheibh e fichead lethsgul air son a dheanamh.

Agus gabhaidh e ris an lethsgul a ni e fhéin ged nach gabhadh e ris na'm b' e duine eile a rinn e.

Chan 'eil mealltair air an t-saoghal as miosa na an *fhéin-spéis* a tha ann an cridhe gach duine.



## Co ris a tha Dia coltach?

*"Ciod 'ur barail? Ma bhitheas ceud caora aig duine, agus gu'n téid aon diubh air seachran, nach fág e na naoi caoraiich dheug agus ceithir fichead air na beanntaibh, agus nach téid e dh' iarraidh na caorach a chaidh air seachran."*—MATA xviii. 12

SIN agad, a leughadair, ceist a bha daoine a' cur bho thoiseach an t-saoghal, agus a bhios iad a' cur gu deireadh an t-saoghal, "Co ris a tha Dia coltach?" Chan fhaca stíl duine Dia riamh, agus chan fhaic gu bràth, oir is Spiorad Dia, neo-fhaicsinneach, neo-chrioch-nach, gun toiseach làithean agus gun deireadh beatha aige.

Cha ruig thu leas a' cheist so a chur air an luchd-ealain, oir chan e mhàin nach eil freagairt aca dhi ach their iad riut nach e an gnothuch-san freagairt a thoirt do cheist de'n t-seòrsa so. Their iad gur ann ri nithean faicsimeach a tha gnothuch aca-san, nithean a ghabhas tomhas agus dearbhadh leis an t-stíl, no leis a' chluais, no leis an eanchainn.

Cha mhò a bhiodh feum ann dhuit a' cheist so a chur air na feallsanaich, oir chan eil freagairt aca-san dhi ach briathran a bhios iad a' sniomh as an inntinnean fèin. Their iad gur e Dia tobar na beatha anns a' chruthachadh, no tobar na firinn, no tobar na maise, no mar sin eile; rud a tha fior gu leòir ach anns nach eil biadh do'n anam.

Is e am Biobull an aon àite anns am faighear freagairtean do'n cheist so a riarracheas inntinn agus anam an duine, agus anns a' Bhiobull fhéin gheibhean gheibhean a shearr ann an teagastg nam fàidhean, agus an fhreagairt as shearr air fad ann an teagastg Iosa Criod, air a mhìneachadh agus air a shoilseachadh le a bheatha agus a bhàs fèin.

Cuidichidh an luchd-ealain agus na feallsanaich leinn an t-eòlas air Dia a fhuaire sinn anns a' Bhiobull a cheangal agus a chothromachadh gu h-òrdail ris gach eòlas no fiosrachadh eile a tha againn mu'n chruthachadh le rannsachadh na h-inntinn, agus an t-eòlas sin a chur ann an dòigh anns an gabh e teagastg, ach cha bhiodh eòlas idir againn air Dia mur b' e gu'n d' fhoillsich Dia e fèin. Gus an labhair e fèin tha Dia air fholach bhuanne.

### Teagastg nam fàidhean.

Mar thubhaint mi cheana is e fàidhean Israeil a fhuaire an t-eòlas a b' shearr air Dia a bha aig daoine air bith anns an t-seann t-saoghal; an uair a bha feallsanaich agus àrd-sgoilearan ann an dùthchannan eile, a bha a' saoilsinn gu robh iad fada air thoiseach

air na h-Iudhaich, ag aoradh do dhiathan de ionadh seòrsa, bha na fàidhean a' toirt fianuis nach eil ann ach Aon Dia, an Dia beò agus fior a tha uile-chumhachdach agus uile-léirsinneach; ceart 'n a uile shlighibh agus naomh 'n a uile ghniomharaibh.

*"Ciod leis an tig mi ann am fianuis an Tighearna: leis an strìochd mì mi fèin an làthair an Dia as àird. An tig mi' na fianuis le iòbairtibh-loisgte . . . Dh'fheuch e dhuit, O dhuine, ciod a tha maith; agus ciod a tha an Tighearn ag iarraidh ort, ach ceartas a dheanamh, tròcair a ghràdh-achadh, agus glusaad gu h-irriosal maille ri d' Dhia."*—(Micah vi. 6-8.)

*"Is iad iobairtean Dhe spiorad briste; air cridhe briste agus brùite, a Dhe, cha dean thusa tair."*—(Salm li. 17.)

Tha còrr agus dà mhile bliadhna o bha na briathran sin air an sgrìobhadh, ach nach e so na smuaintean a tha againn mu Dhia an diugh fhathast, agus nach e so na h-iobairtean spioradail a bhios sinn a' feuchainn ri thoirt 'n a làthair?

*"Cò as Dia ann cosmhuil riutsa, a mhaith-eas aingidheachd, agus a ghabhas seachad air easontas iarmaid 'oighreachd; cha ghléidh e a chorruich gu siorruidh a chionn gur toigh leis tròcair?"*—(Micah vii. 18.)

*"Ghràdhach mi thu le gràdh siorruidh, agus le coibhneas-gràidh tharruing mi thu."*—(Ieremiah xxxi. 3.)

*"Dealachidh na sléibhteann ri 'm bunaitean, agus atharraicheadh na beanntan as an àite, ach cha dhealaich mo choibhneas riutsa, agus chan atharraicheadh coimhcheangal mo shìthe, deir an Tighearn aig am bheil truas dhiot."*—(Isaiah lviv. 10.)

### Teagastg nan sagartan.

An uair a bha na sagartan a' teagastg do'n t-sluagh nach biodh Dia toilichte no réidh riù mur tairgeadh iad iobairtean dha, agus mur leanadh iad cleachdaidhean follaiseach na diadhaidheachd, dol do'n teampull, féilltean agus làithean-traisg a choimhead, agus mar sin eile, theasgaig na fàidhean gu robh nithean eile a bu taitniche le Dia na bhi 'g am faicinn a' seinn agus ag tòrnigh anns an teampull.



*"Ciod e lionmhoireachd bhur n-riobairtean dhomhsa? deir an Tighearna. Tha mi sgith dhiubh; ann am faul tharbh agus uan, agus bhoc-ghaibhre, chan 'eil mo thlachd. Cò dh'iar so oirbh, an uair a thig sibh 'g 'ur taisbeanaadh féin ann am làthair-sa? Na tugaibh tabhartas diomhain uaibh na's mò; bhur gealaichean úra, agus bhur feill-ean suidhichte, is fuath le m' anam, agus an uair a ni sibh ùrnuiigh chan eisid mi, tha bhur làmhan làn fala. Nighibh, glanaibh; cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh; sguiribh de'n olc. Fòghlumaibh maith a dheanamh; cuiribh roimhibh ceartas a dheanamh; cumaibh còir ris an dilleachdan; tagraibh cùis na bantraich."*

—(Isaiah I. (air a ghiorrachadh).)

Cha robh teagamh air bith aig an fhear a sgrìobh sin co ris a bha Dia coltach.

Ciamar a fhuaire an t-eòlas sin? An ann as a cheann féin a thàinig e, no o bheachdadh féin?

Cha do labhair gin de na fàidhean mar so, "Bha mi a' smuaineachadh o chionn fada mu Dhia, agus co ris a tha Dia coltach, agus is e so an comh-dhùnadhl a thàinig mi thuige."

Chan fhaigh thu a leithid sin a dh'fhacal anns a' Bhiobull o thoiseach gu deireadh. Tha na fàidhean uile ag ràdh nach e iadsan a bha a' labhairt ach Dia. Chual iad guth an Tighearna, agus b'e an cuid-san innseadh do'n t-sluagh ciod a labhair Dia. Bha facal an Tighearna mar theime 'n an cnàmhan, agus cha leigeadh e leò a bhi 'n an tosd.

### Teagasc Chriosd.

"Dia a labhair o shean gu minic, agus air iomadh dòigh ris na h-aithrichean leis na fàidhean, labhair e anns na làithean deireannach so ruinne tre a Mhac."—(Eabh, I. 1-2.)

Bha Iosa air a thogail ann an teaghlaich a mhàthar ann an Nasaret air teagasc nam fàidhean mu Dhia, agus an uair a thòisich e air teagasc e féin is e na ceart bheachdan a bha aca-san mu Dhia a thug e do'n t-sluagh ach a mhàin gu robh e na bu ghaolaiche na bha na fàidhean air a bhi a' gairm air Dia mar "ar-n- Athair nèamhaidh." Sin an t-ainm leis am biodh e daonnan a' gairm air Dia, agus lean an t-ainm agus an dealbh sin air Dia ann an cuimhne nan abstol agus na

h-eaglais. Ach chan ann le ainnm sònruichte no le briathran sònruichte mu Dhia a dhùisg Criod aithreachas agus creideamh agus gràdh do Dhia ann an eridheachan dhaoine ach leis a' choibhneas-gràidh a bha ann féin, coibhneas-gràidh a bha cho nàdurra dhà's gu robh iad a' faireachduinn gu robh Dia maille riu *ansan*.

Dh'fhalbh na fàidhean, agus chan 'eil fhios againn an diugh co ris a bha iad coltach, ach tha dealbh Chriosd—an ni a bha e agus a rinn e—ann am broilleach muilleanan de dhaoine air thalamh, agus is e an dealbh sin a tha a' toirt dhuinn nan smuaintean a tha sinn ag altrum mu Dhia. "An ti a chunnaitc mise," ars' e féin, "chunnaitc e m' athair," aon de na facail a labhair e anns a bheil beatha mhaireannach. An ni a labhair Chriosd-ri grunnan beag dhaoine ann an Galile anns a' cheud linn tha Dia a' labhairt ri clann-daoine uile gu siorruidh. B' esan am Facal siorruidh, agus a chionn gu robh e air fhoillseachadh anns an fheòil, cha bhi daoine gu bràth gun fhios aca eo ris a tha Dia coltach.

Cha d' thubhairt Chriosd riamh r'a dheisciobuil no ris an t-sluagh, Thigibh agus innsidh mi dhuibh mu Dhia, co ris tha e coltach. Cha b'e sin a dhòigh, ach dh'innis e naidh-eachdan beaga gaolach dhaibh a chuir an intinnsean féin air għluasad. "Ciod 'ur barail fhéin?" ars' esan, "ma bhitheas ceud-caora aig duine, agus gu'n téid aon dhiubh air seachran, nach fág e na naoi caoraich dheug agus ceithir fichead air na beanntaibh, agus nach téid e a dh'iarraidh na caorach a chaidh air seachran . . . mar so chan e toil bhur n-Athar-sa a tha air nèamh, gu'n rachadh aon neach de 'n mhuinntir bhig so a chall."

### Aon as a' cheud!

Nach beag an call sin!

Cha bheag ann an sùilean an Tighearna; chan 'eil peacach anns an t-saoghal cho iosal no cho truagh 's nach 'eil Dia 'g a ionndrainn agus 'g a shireadh. Agus tha e 'ga ionndrainn cho mór 's gu'n do chuir e a Mhac gràdhach a bhàsachadh air a chranncheusaiddh air a shon. Sin agad co ris tha Dia coltach.

## An Cù

### Leis an Ollamh Colla Dòmhnullach, Lagan-mo-Choid.

AIG a' cheart uair so ann an eachdraidh an t-saoghail, chan ann gun näire a bheir mi a' cheud àite anns a' chruthachadh do'n chinne-

daonna. Tha sinn a' mort agus a' marbhadh a chéile air muir agus air tir agus anns na speuran. Tha clach-mhullaich an teampuill air tuiteam gu làr agus esan a chruthaicheadh ann an iomhaigh Dhe a' dì-chuimhneachadh



a Chruithfhear. Is e a' cheist a tha mi a' cur rium féin, cò an creutair is fhaigse thig ann an glicas agus ann am buaidhean beusail eile do chrùn a' chruthachaidh?

Their cuid gur e an t-each an caraid is dílse a tha aig duine, agus tha treubhan ann an ceàrn no dhà de'n t-saoghal a tha cinn-teach gur e an t-each rìgh aimmhidhean an domhain. Theagamh gun tagair a' t-Inns-eanach a' cheud àite do'n elephant, an ceithir-chasach is mò air thalamh; agus air son dílseachd agus tuigse nàdurra is airidh an elephant air cliù.

Air mo shonsa bheir mi a' cheud àite do'n chù. Tha gràdh agus dílseachd a' comharrachadh caraid anns gach suidheachadh. Tha an cù dileas agus cairdeil. Ma tha a mhaighstir sgith, agus gu'n suidh e air ereig no tom a leigeil dheth a sgìtheas, laidhidh an cù aig a chasan mar gu'n abradh e, gabhadh sinn fois còmhla. Ma tha a mhaighstir fo mhulad leigidh an cù a thaic ri ghlùin agus seallaidh e 'na ghnùis le sùilean tlàth coibhneil. Ma tha thu tinn chan fhág an deagh chù thu gus an tig feabhas ort. Cò nach euala mu'n abhag bheag, *Grey-friar's Bobby*? Lean e a mhaighstir chum na h-uaighe, agus rinn e faire air an tulach gus an do ghlaic am bàs e féin.

### An cù-chaorach.

Tha iomadh seòrsa chon 's an t-saoghal agus cuid dhiubh air glé bheag feuma mar na coin bheaga a bhitheas mnathan pròiseil a' giùlan 'n an uchd agus 'n an achlais. Cha toir mi tuilleadh iomradh air na peasain sin. Is e an cù-chaorach is fheàrr is aithnè dhomhsa, agus tha mi a' creidsinn gu'n d' thug e bàrr air gach cù air son dílseachd agus tuigse. Bha mi gle eólach air ciobair ann an làithean mòige. Chan fhaca mi riagh e gun dà chù aig a shàil. Bha fear dhiubh air son cruinneachadh agus fear air son fuadach. Bu leòir sealltann air a' chù agus falac no dhà a ràdh agus air falbh ghabhdh "Ready," agus dh-iomaineadh e na caoraich thar raontan no taobh beinne.

Tha ainm a' choin a' toirt gu m' aire gu 'n robh ainmean Gallda aig na ciobairean Gàidhealach air an coin, agus bha an seòladh triè ann am Beurla ged bu bheag eòlas a' chòbair air a' chainnt sin. Is dòcha gur e na ciobairean a thàinig o'n deas leis na Goill an uair a chaidh a' Ghàidhealtachd fo chaoraich a thug air buachaillean an coin a stiùireadh le "away by" agus "wide off."

### Seòrsachan eile.

Chunnaic mi coin bhuidhe làidir ann am Belgium a' tarruing chairtean-bainne dà-

chuibhleach bho na croitean do'n bhaile mhór. Tha iad gu tric a' fàgail tigh an tuathanach aig bristeadh an latha agus a' tilleadh ann am beul an amoich. Ann am Belgium bha na coin a' deanamh obair nan each eutrom anns an dùthach so, agus, gun teagamh, tha an cù na's fhasa a bheathachadh na each agus fòghnaidh oisean beag mar thigh-comhnuidh dha.

Tha coin mhór ghasda aca ann an *Newfoundland* ach chan 'eil agam orra ach eòlas nan leabhrachaean. Tha iad fo dheagh chliù air son dílseachd agus caomhalachd. Leigidh iad le clann bheaga am beubanachadh gun ghreann a' chasadadh no fiacail a rùsgadh. Leugh mi mu fhear de na coin so a dh'fhàgadh mar dhion air leanabh a bha 'na chadal ann an creathaill. Thàinig coigreach an rathad, agus le neònachas gun ghò sheall e anns a' chreathaill. Ach ma sheall bu daor dha a neònachas. Bha e am feum lighiche agus tâillear mu'n do ghabh e sràid a rithist.

Ann an dùthach nan *Eskimo* far am bheil sneachd agus reothadh móir, is e coin a tha tarruing nan slaod dhaibh. Cuiridh iad sia no ochd coin ann an acfhuinn agus seòlaidh an t-seisreach thathunnach thar sneachd agus eigne gun sleamhnachadh ceum. Is e an seòrsa chon so a chuidich *Peary* air a thurais buadhach do'n cheàrn as fhaide tuath air an t-saoghal. Is e coin *Eskimo* a bha aig *Amundsen* an uair a ràinig e an gob as fhaide deas.

### Coin nam manach.

Tha aon seòrsa eile air an togainn sgeul. Is e sin na coin a tha air an ainmeachadh air an Naomh Bernard. Tha bealach àrd anns na beanntan móra a tha eadar Suitserland agus an Eadait. M' an do tholladh na beanntan a dheanamh rathad do'n each iaruinn bha móran a' siubhal thar bealach Bhernaird. Faisg air mullach a' bhealaich tha tigh-mhanach anns am bheil daoine caomha a ni cobhair air luchd-turuis ann an latha na h-éigginn. Thig cur is cathadh gun fhiös, gun rabhadh, air na beanntan àrda, agus is tric a thuiteas fir-astair ann an euidhe shneachd. Le cungaidh-leigheis ann am botul mu'n amhaich agus le earasaid mhór bhlàth air an druim falbhaidh na coin an tòir air allabain bhochda a thuit anns an t-sneachd. Tha an cuinnean cho geur agus gu'n lorgaich iad duine ged a tha an sneachd thairis air. Ma theid aig duine air a' chungaichd-leighis òl, agus an cleòca a chuir mu ghuailean chan 'eil aige ach an cù a leantuinn chum tigh-nam-manach far am bheil blàths agus biadh a' feitheamh air gus an tig feabhas air an t-sìd. Ma tha an



t-astarach claoideh agus ann an eunnart meileachadh fanaidh an cù leis, agus ni e tathunn gus an tig manach còir a ni cobhair air. Bha aon chù aimmeil aig na manaich do'm b'ainm Barry. Bha sean-chùinneadh an crochadh ri chrios amhaich ag innseadh gun do theàruinn e dà fhichead pearsa. Nach bu ghleusda Barry! Tha meas mór air ball òir no airgid o làimh an rìgh. Is ann air son treunadas anns a' chogadh, gu tric air son àireamh nàimhdean a mharbhadh, a choisneas neach sean an rìgh. Nach b' fheàrr a choisinn Barry a dhuais na iomadh M.C. no D.S.O.!

Is aithne do'n chù an uair a thoilleas e moladh a mhaighstir. Thig e 'ga ionnsuidh le ceann, le cluasan, agus earball àrd. Is fior an sean-fhacal a tha ag ràdh—is aithne do'n chù a lochd féin. An sin thig e 'g ad ionnsuidh le ceann erom, ceum mall, agus earball eadar a chasan. Tha e fo sprochd gus am faigh e maithneanas. Thoir maithneanas dha agus an sin le roid iollagach, agus le leum mhireagach, innsidh e gu soilleir gu'm bheil e ann an dàimh chàirdeil d'a mhaighstir. Chan 'eil ann an cù ach cù, ach bu mhaith na'n robh sinn uile cho dileas agus umhail ris.

### Cù an tàilleir.

O chionn beagan mhiosan thusa, ~~duilleagan~~ Gàidhlig, cuireadh do d' ~~luchd-leughaidh~~ sgeul fhìrinneach air tapadh chon a chur 'g ad ionnsuidh. Chan fhaca mi gu'n do chuir aon leughadair sgeul thugad. Chan e idir nach 'eil iad cho gaolach air coin riut fhéin agus cho èolach air dìlseachd, gaisge, agus teómachd chon. Ach tha eagal orra, ged a sgrìobhadh iad smear na firinn gu'n saoileadh thu gur bràithrean iad do Chalum na Cròige.

Tha co-fharpais coin-chaorach air a għleidheadh os cionn Bhaile-ċloichridh anns an fhogħar, agus chi thu an sin tuigse, teòmachd, agus tapadh a chuireas iongantas air daoine. Chan 'eil feum air bōilich; fogaħnaidh an fhìrinn. Air a shon sin, théid cuið thar na cailce an uair a thòisicheas iad air an coin a mholadh. Chan 'eil teagamh nach robh Bran, cù na Féinne, luath-chasach, ach an robh e cho luath agus gu'n tilleadh e aig an aon àm féidh aig dà bhealach?

B' aithne dhomh tàilleir, duine tuigseach am bitheantas, ach cha chuala e sgeul riamh nach crùndadh e. Bha cù beag lagħach aig an tàilleir, ach ann an sùilean a mhaighstir cha robh a leth-bhreac anns an dùthaich.

Bha slighe nan carbadan-iaruinn a' dol seachad tigh an tàilleir aig astar còig ceud

slat, agus thilgeadh fear-faire na "train" paippear-naidheachd an tàilleir anns an dol seachad. Thogadh an cù gu dileas dleas-anach paippear a mhaighstir agus liübhradh e am paippear gach maduinn.

Là de na làithean thill an cù gun phaipeir-naidheachd. Le trod agus smàdadh chuir an tàillear a theachdaire a rithist air son a' phaipeir ach ged a bheachdaich agus a shrònach an cù gu dlùth cha chuireadh e fiacail air a' phaipeir. Sios ghabb an tàillear a rannsachadh na cuise, agus ciod a chunnaic e ach gu'm b'e paippear an là dé a thilgeadh ann am mearachd!

### An cù cutach cam.

A nis chan e sgeul fhìrinneach a dh'innis an tàilleir; cha leughadh an cù cutach agamsa, agus cha labhradh e Gàidhlig no Beurla, ach, cleas piorraid an t-seòladair, bha breithneachadh ann. Theaganh gu'n robh mi a' leughadh Charlyle aig an àm. Thug mi Tom mar ainm air, agus bha an t-ainm na bu fhreagarracha na b'aithne dhomh.

Bha Tom cutach agus air dath a' għrūthain. Tha amharus agam gu'n robh ful chon sheilg ann. Bha ceann leathann làidir air. Bha e math air fuadach agus air buachaill-eachd spréidhe, ach cha b'e fheum mu chrodh-dubh no meanbh-chrodh a rinn Tom 'na fħiор chompanach dhomhsa. Bha e air leth mar chù sealgair. An uair a chitheadh e an gunna 'n am achlais bha saod agus sunnd air; leanadh e air mo shàil gu cladach, agus is iomadh tunnag riabħach agus lach Cholasach a thug sinn dhachaigh. Chan aithne dhomh eun cho fuireachail agus cho amharusach ri tunnag mhara, agus cha b'ann gun seòltachd a għeibhinn ann an astar urchrach dhaibh. Rachadh na h-eoin fo thuinn agus ruithinn fhéin agus Tom gu fasgħadha creige mu'n tigeadh iad an uachdar. Thachradh falach-fead de'n t-seòrsa so uair no dhà.

Bhiodh Tom air chrith ri m' thaobh le mi-haidhidinn, ach mu dheireadh thigeadh cothrom air spreadhadh. Mu'n gann a bha an urchair as a' għunna bha Tom air an t-snàmh agus an tunnag 'na ghall.

### Seòltachd a' choin.

Air uairean bhiodh eagħal orm gu'n do leon mi lach gun a marbhadh. Is ann an sin a bha seòltachd Thom ri fhaicinn. Chumadh e cho dlùth ris an lach gu'n sgħiex-achadh e i agus mu'n eireadh i fada o'n chladach bha i an greim agus Tom a' snàmh gu làidir gus an leagadh e i ri m' thaobh.



Ged bhiodh e 'na shìneadh taobh an teine cha robh ach a ràdh, "tha Colla air falbh leis a' għunna," agus thigeadh a bhigeil gu tathunn gus am fosgladh an dorus. A mach bha Tom, a shròn ri talamh gus an lorgaich-eadh e an sealgair.

Bha mi aon fheasgar le Tom a' siubhal a' chladaich, agus chunnaic sinn déile air sgeir far nach fhaighinn am fagus dhi. Ghabb Tom a' mhuiř, agus ràinig e an déile, ach bha i trom, agus ged a bha beul farsuinn aig a' chù, cha deanadh e greim oirre. Ach dhìrich e an sgeir agus sheas e air an déile agus le turaman agus cudthrom a' choin thuit i's an t-saile. Cha b' phasa a' chùis do Thom. Bha an déile tiugh agus chan fhaigheadh e fhiaelan innse. Shnàmh e mu'n euaирt oirre agus rinn e air a' chladach, ach mar gu'm bristeadh solus ùr air thill e agus chaidh e air cùl na déile agus le uchd chuir e roimhe i gu tìr.

### An abhag chasnnagach.

Bha abhag bheag mhollach agam aig an aon àm agus is tric a thog i caonnag a dh' feumadh Tom a réiteachadh. Bha an cù mór coir, agus bha an rathad-mór saor do gach cù air a shon-san, ach aon chù cha leigeadh an abhag seachad gun ruith 'ga ionnsuidh agus, mi-mhodhail mar mhaor a'

togail cùs, cha leigeadh e an coigreach seachad gun iorghuill. Ged a thogadh e caonnag is e Tom a leagadh i. Cho luath agus a rachadh Tom ann an greim theicheadh an t-eucoireach beag dhachaigh cho luath agus a bheireadh a chasan geàrr e. Bha Tom réidh eàirdeil ri shèorsa, ach an uair a rachadh e ann an greim, għiulaineadh e e fein gu gaisgeil. Is tric a bhual e 'n am inntinn gu'n robh Tom de'n bheachd gu'n robh e fo chomain do'n chù bheag.

Bhithinn 'g an toirt le chéile an déidh bheiste-dubha a bha gabħail fasgaidh am measg chlachan móra ri muir-tràigh. Bha Tom ro-mhor a ruigheachd faiche na beiste-duibhe, ach mar cheannard-airm a' cur cath ann an òrdugh, chuireadh e an abhag ann an toll cumhann, agus sheasadħ e fein gu furachai mu choinneamh an tuill. Dheanadh an abhag agus a' bheist caonnag, agus ged bhitheadh cluasan a' choin bhig 'na stròicean cha ghéilleadh e gus an teicheadh an dòbhran. Bha Tom air thoiseach air a' bheist, agus le aon għlamhadh bhristeadh e caol-droma an iasgair. Bha bäs obann aig a' bheist.

Na'm biodeh Pàras chon ann, cha b'e saogħal gun mhuiř, mar a mhiannaich Eoin, a dh' iarradh Tom ach eilean beag anns an àird an iar le cladach corrach sgeireach far an tadħħadħ an lach agus an tachradh beist-dubh air ri isle mara.

## Beachdan mu'n Chogadh

*Leis an Urramach Alasdair Mac Fhionghuin, Ph.D., an Cill-mo-naomhaig.*

"BRISIDH sinn an cridhe air a cheann mu dheireadh." Sin mar a labhair Winston Churchill a thaobh nan Gearmailteach beagan sheachduinnean air ais; agus is e a tha ann an Churchill duine aig am bheil eòlas agus tuigse, creideamh agus misneach, a tha a' toirt soluis agus togail do'n dùthaich uile, eo tric is a labhras e ruinn.

Chuir a bħriathran ann am chuimhne faidheadaireachd a rinn duine iomraiteach eile aig àm a Chogaidh Mhōir (1914-1918); fear a tha 'g ar neartachadh gu h-eifeachdach an drasda cuideachd—an Seanalair Iain Smuts, Ard Mhiniestear Africa mu Dheas. Aig àm de'n chogadh anns an robh cùisean gu maith dorcha, agus móran dhaqinoe de'n bħarail nach robh e 'n ar comas an gnothuch a dheanamh air an nàmhaid, dh' eirich Iain Smuts ann am fianuis còmhdailej mhôr sluaigh ann an Lunnain, ma's maith mo chuimhne, agus liubhair e dhaibh teach-daireachd a thug comhfurtachd dhaibh. Ann an cursa na h-ċuraid, labhair e am facial so:—"Tha sluagh Bhreatuinn an diugh

trom-inntinneach, iomaguineach; ach biodeh deagh mħisneach aca; oir coltach ris na h-uile chiontaich mhôra, thig na Gearmailtich mar òirleach do bhuidheann, agus caillidh iad gu buileach."

### Misneach làirdir.

Bha eifeachd iongantach dhomh fhéin co dħiubh anns na briathran ud; bhual iad orm mar a ni an Sgriobtur. Chan 'eil teagħi idir agam nach ann as an Sgriobtur a dh' eirich iad gu bilean an fir-labhair, oir tha na Dùitsich eòlach anns a' Bhiobull. Thugaibh fanear gu'm b' ann a chionn gu'm bu chiontaich mhôra na Gearmailtich a bha Iain Smuts dearbhta gu'n cailleadħ iad. Bha an cionta cho soilleir do'n t-saogħal aig an àm ud is a tha e an diugh; oir nach do bħris iad am facial do'n t-saogħal, an cùmhnañ sòluimte a bha eadar iad fén agus an Fhraing, agus Breatunn, a' bòideachadh nach cuireadh aon seach aon dħiubh dragħ gu bràth tuilleadh air dùthaich Belġium air son aobħaran cogaidh. Mar nach cluinn-



eadh iad facial riamh mu'n ghealladh ud, bhris an armailtean mar thuil a stigh do'n dùthaich ud, a bha uile gu léir neo-chioutach ; agus rinn iad sgrios air a bailtean. Cha bu mhotha leo-san an Cùmhnant na seann sgeulachd. Bha e gasda, fhad is a mhealladh e càch ; aich gu'n seasadh e a chur stad air an armailtean, no gu'n seasadh sluagh beag, suarach 'n an rathad-san air an slige gu Buaidh. Cha robh an sin ach aoibhar fanoid dhaibh. Ciad air bith an seòrsa creidimh a bha aca, cha b' ann anns an Dia bheò a bha iad ag earbsa, d' an gnè Fireantachd, leis am fuathach aingidheachd, agus a ni dioghaltas air son droch-bheirt, ach ann an dia fallsa, a cheadaicheadh a' bhreug, euceart, agus brùidealachd do shluagh taghta, cumhachdach mar bha iadsan. Ach bha Iain Smuts de atharrachadh beachd, coltach ris na h-uile a their : "Dean an t-ole agus fan ri dheireadh."

### Ughdar an Lagha.

Chan 'eil fhios agam-sa ciad is fior chreud do'n duine ionnsaichte ud. Leugh mi òraidean a liubhair e bliadhnachan air ais ann an Collaist Sasunnach ; agus chan abrainn gu'n d'thàinig e faisg annta air dòigh breithneachaидh Chriosduidhean a thaobh Dhe. Ach co dhiubh, tha e soilleir, ma labhras duine mar a rinn esan, mu "chiontaich mhóra," gu bheil e a' creidsinn ann an Lagh moralta a tha ann an gnè na Cruithneachd, air an d' rinn na Gearmaitlich tàir, agus nach ceadaicheadh dhaibh buidheann, ach a bhriseadh iad mu dheireadh.

Ach ma tha a leithid sin de lagh ann, nach feum mar an ceudna gu bheil Neach air a chùl is ughdar dha ? Chan 'eil ann ach mealladh a bhi a' creidsinn ann an Lagh fireantachd mur 'eil sinn aig a' cheart àm a' creidsinn anns an Dia bheò. Chan 'eil lagh air bith ag éirigh, mar cheò, as an talamh, no as a' chuan ; is ann daonnan à intinn a thig e. Ma tha lagh fireantachd ann, a tha searbh an aghaidh bhreugaireachd, luchd-foill, euceartaich, agus spuineadairean, is cinn-teach nach ann as intinn mhic an duine "a dh'òlas euceart mar uisce" a fhuras e, ach gu bheil e a' ruigheachd oirnn uile a chionn gu'm buin sinn do'n Dia bheò, d' an gnè Fireantachd, agus d'am bheil a' Chruitbeachd uile, agus beatha dhaoine agus rioghachdan fo òrdugh. Mar sin, ged tha esan foidhidneach, a' ceadachadh do dhaoine drochbheart a ghníomhachadh, agus dùlain a thoirt dha-san, fhathast ann a bhi a' cogadh an aghaidh lagha agus riùn Dhe is fheudar dhaibh call agus smachdachadh fhulang ; oir cha deanar fanoid air Dia.

### Cùl ris an t-solus.

Is gnothuch uamhasach do rioghachdan a chaidh a shoillseachadh le eòlas Dhe, mar a thachair do'n Gearmait, cùl a chur ris an t-solus, agus an dorchedas a roghainneachadh a rithist. Gus na bliadhnachan deireannach so, bha sinn toileach a bhi a' creidsinn gu bheil ni-eigin de uaisle, de phrionnspal ceartais, agus de ghràs a shùigh thuca as na Sgriobturan ann an luchd-riaghlaidd rioghachdan móra agus beaga na Roinn Eorpa, nach ceadaicheadh do uachdranachd air bith innse, buntuinn gu h-euceartach, searbh ri rioghachd eile, gu sònruichte ri coimh-earsnach lag. Nach sinne a bha air ar mealladh !

Chan urrainn briathran ach faileas fann a nochdadh de'n diol a tha a' Gearmait a' deanamh aig an dearbh àm so air sluagh briste Phòland ; a' rùsgadh dhiubh an codach, a' glacadh an airgid, 'g an cur a mach as andachaidhean agus as an croitean, los an cinneadh féin a shuidheachadh 'n an àite.

Tha míltean de na daoine truaghair air an sgiùrrsadh air faondradh feedh nan coilltean, móran dhiubh a' bàsachadh le acras is fuachd am feedh is a tha an tighean is am beò-shláint aig an nàimhdean. Feadhainn a bha gu dòigheil 'n an tuathanach, gheibhear iad a nis 'n an sgàlagan d' am maighstirean ùra ; agus tha an òigradh air an cur ris gach-saothair is truime agus is sailche na chéile, air son an èigeannais as truaighe de bheathachadh. Ma dhiùltas iad, tha an gunna ri 'm bathais. Cha d' rinneadh a leithid eile de fheannadh is de shaltair air sluagh o chionn mhóran linnteann. Tha na Gearmaillich an diugh a' leantuinn comhairle na béiste a theagaig nach coir fhàgail aig sluagh ceannsaichte ach an sùilean air son caoinidh.

### Breitheanas an De bheò.

Tha an dol a mach cho fiadhaich is gu bheil am Pàp féin a' glaeadh misniach agus ag éigeach an aghaidh fòirneirt a chaidh thar tomhais. Is ann a tha iad a' gluasad mar dhaoine a tha leagta ri dùlain a thoirt do gach prionnspal cothromach, agus do gach cleachdadh cneasda a tha air an teagast ann am facial Dhe, agus a tha air an aideachadh ann an coguis agus gnàths dhaoine maiithe feedh an t-saoghal fharsuing. Gu'n deanadh na Gearmaillich a leithid so a dh' eucoir air na Pòlaich ; gu'n deanadh na Russianaich a leithid de dh' ainneart air na Finnich, gu'n deanadh iad le cheile fochaid fhollaiseach air Criosd, a' roghnachadh an fir-reubain, Barrabas 'n a àite—'s e sin leamsa co dhiubh, fior uamhas a' gnothuich.



Mur d' atharraich Dia a dhòighean 'na Fhreasdal, mur d' thug e a suas aobhar a rioghachd am measg rioghachdan an domhain, mur d' fhàg e riaghlaigh an t-saoghal aig na creachadairean as treise armachd, agus as cruaidhe cridhe, chan ann aca-san a bhithreas am facal mu dheireadh. Cho mór,

làdir is 'g am bheil iad, chan fhaod iad dol as o bhreitheanas an De bheò na's mò na chaidh dùthchanna móra fòirneartach an t-seann t-saoghal as. Cha do chaomhain breitheanas Dhe eadhon a shluagh taghta, air dhaibh an dorchadas a ghràdhachadh na's mò na'n solus.

## Aig an

### Fanaidh an talamh gu bràth.

BHA e air a theagastg dhomh 'n am òige meas a bhi agam air eòlas is sgoilearachd, agus urram a thoirt do sgoilearan, agus ma's aithne dhomh mo chridhe féin cha do thuit mi riamh air falbh o'n teagastg sin a fhuair mi 'n am bhalach. Ach ged nach robh e duilich dhomh aig àm air bith de m' bheatha suidhe gu h-iriosal aig casan Rabbaidhean an Fhòghluim, mar is sine a tha mi a' fàs, is ann as mò a tha teagamh a' tolladh a steach do m'inntinn nach 'eil na sgoilearan-móra a bheag air thoiseach oirnn féin a thaobh tuigsinn erioch àraidih a' chruthachaidh, agus an dàimh a tha aig na nithean a tha follaiseach, ri Dia no ri cheile.

Ré mo bheatha ghoirid leugh mi iomadh leabhar m'an robh e air a ràdh gu'n atharraicheadh e beachdan dhaoine gu buileach, agus gu'n cuireadh e smuaintean a' chinne-daonna ann an claisean ùra; ach an uair a sheallas mi air m'ais, tha an saoghal a' dol air aghaidh mar bha e riamh, agus mar nach biadh gin de na leabhairchean ud air an sgriobhadh idir, na leabhairchean a bha dol a dheanamh *revolution*, no a' dol a thilgeadh saoghal na h-inntinn bun os cionn.

Tha mi an dìul gu robh an duine geur a sgriobh leabhar Ecclesiastes air a sgithreachadh le leabhar aichean (no le daoine) de'n t-seòrsa so 'nuair a thubhaint e 'Tha aon ghinealach a' siubhal, agus ginealach eile a' teachd ; ach fanaidh an talamh gu bràth? Mar gu'n abradh e nach robh anns an nì ùr ach an scann nì air teachd air ais ; a h-uile gineale a' strì gu làdir agus a' tighinn beò ann an dòchas gu'n do shuidhich i an saoghal air bunaitean ùra, ach fad na h-ùine an talamh a' fantuinn gu bràth mar bha e.

An ni a bha ann, is e an ni sin féin a bhithreas ann ; agus an ni sin a rinneadh, is e an nì sin féin a nithean ; agus chan 'eil nì sam bith nuadh fo'n ghréin. A bheil nì ann mu 'm feudar a ràdh, Feuch, tha so nuadh? Bha e ann cheana 's an t-sean aimsir a bha ann romhainn.

Saoilidh na sgoilearan-móra agus na speuradairean a bhios a' sgriobhadh mu'n

## Uinneig

ghréin agus mu'n ghealaich agus mu'n talamh nach rachadh an saoghal air aghaidh gu ceart mur tugamaid géill do na tha iadsan ag ràdh, ach théid am beachdan-san as an fhasan, agus ri ùine théid iad air dìchuimhne, ach mairidh a' ghrian, agus a' ghealach, agus an talamh féin, gu bràth, a' cur mhic an duine gu smuaineachadh!

Air móran leabhairchean a dheanamh chan 'eil erioch, agus tha móran leughaidh 'na sgios do'n fheòil, ach an duine air a bheil eagal Dhe, agus a choimheadas àitheantan, is coma dha co dhiu a tha e a' leantuinn Mhaois no a' leantuinn Einstein 'n a bheachdan.

### Achan Duthcha.

Bha an t-achan so air a sgriobhadh air son nan duilleagan so an 1914, aig toiseach a' chogaidh, leis an Ollamh Coinneach Mac Leòid, ministear Ghiogha, is tha mi 'g a toirt am follais an dràsd, a chionn gu bheil an ùrnuigh cho freagarrach agus feumail an diugh 's a bha i an dé.

A Righ nan Dùl  
A b' iùl d' ar daoin' o chian,  
Ri m' iarrtu斯 eisd';  
Thar tir mo ghaoil O sgaoil do sgiath  
Is dion i Dhe,  
Is dion i Dhe.

Ta iad air chéin  
'G an iobradh féin 's a bhùtar,  
Na h-armuinn òg—  
An gàir nan cath O dion o'n tuil  
Ar fuil 's ar feòil,  
Ar fuil 's ar feòil.

Ri uchd gach oilt  
O'n oidhche gus an là,  
Bi ghnàth 'n an ceann ;  
Gach iosal dhaibh, ma's buaidh no bàs,  
Mar aird 'n am beann.  
Mar aird 'n am beana.

A Righ nan gràs  
Ma's cupan làn de leòn  
Do dheòin d'ar taobh ;  
Mar till gu bràth ar fuil 's ar feòil  
Gu còrs' an gaoil,  
Gu còrs' an gaoil.

Gu'n seinn sinn salm  
Mu'm falbh sinn air an sàil  
Thar fair o'n gheann  
Do'n Ti a dheònuich dhaibh am bàs  
An aird nam beann,  
An aird nam beann.



### Am bàillidh agus am ministear.

Ann an àite nach ruigear a leas ainmeachadh bha bàillidh a bha 'na dhuine fiadhaich, gun eagal Dhe no dhaoine air. Cha robh eagal Dhe air oir cha robh e a' creidsinn gu robh Dia ann. Bhithheadh e a' magadh air daoine a bhiodh a' dol do'n eaglais, agus an uair annamh a rachadh e gu tiодhlacadh sheasadh e a mach o dhaoine eile los gu'm faiceadh an sluagh nach robh e a' creidsinn ann an ùrnuigh no ann an aiseirigh.

Uair a lionnaich amhach a' bhàillidh gu dona, agus a dh'at a' chioch-shlugain aige cho mór 's nach robh deò analach aige, chaidh ministear na sgìre 'g a fhaicinn. Leis an deò bheag analach a bha aige thuirt e ris a' mhiniestear nach robh ùrnuigh no dad de'n t-seòrsa sin a dhith air, ach gu'm biodh e 'na chomain na'n rachadh e gu dorus an dotair anns an dol seachad, agus na'n abradh e ris gu robh esan air son fhaicinn. "Shaoilinn-sa," ars' am ministear, "nach 'eil aobhar agad dragh a chur air an dotair, agùs gu'n deanadh an *Vet* an gnothuch!" An uair a chual am bàillidh sud leum e as an leabaidh le leithid a dh'ardan 's gu'n do bhris am meall-lionnachaiddh a bha 'na amhaich; b'e sin toiseach fheadhais, is cha robh feum aige air dotair no air *Vet*.

Car son nach toigh le daoine nach 'eil a' creidsinn ann an Dia gu'm biodh iad, an déidh am bàis, air an tilgeadh ann an toll mar nach robh annta ach beathach? Tha mise an dùil gur e an t-aobhar nach 'eil iad ach a' cur mar fhiachaibh orra féin nach 'eil iad a' creidsinn ann an Dia. Na'm bu bheathach a mhàin a tha ann an duine bhiodh e ceart coma ged thilgeadh ann an toll e, ach tha ni-eigin 'n a chridhe, a thuilleadh air dòighean agus fasain an t-saoghal, a tha ag innseadh dha gu bheil Dia ann. Cha d' fhág Dia neach riamh gun fhanuis air chor-eigin air féin 'n a chridhe.

### An Ràidheachan Soisgeulach.

Mar is àbhaist tha bainne agus mil anns an Ràidheachan so, agus tha cuid de'n aireamh mu dheireadh air a sgriobhadh cho soilleir 's gu'n gabhadh e cur ann an Gàidhlig gu réidh, gu sònruichte na sgriobh an t-Ollamh R. I. Drummond mu. "Ghuth Dhe." Sin an seòrsa seanchais a b' fhiach do mhiniestearan òga Gàidhealach anns a h-uile eaglais feuchainn ri chur an Gàidhlig, chan ann a mhàin air ghaol inntinnean an t-slugaigh a bheathachadh, ach air ghaol ealain ionnachadh leis an rachadh aca air a' cheart theagasc a bhios iad a' toirt dhaibh ann

am Beurla a thoirt dhaibh ann an Gàidhlig. Chan 'eil e 'n comas duine air bith ashbuain na meanbh-sgoilearachd a chur an Gàidhlig, is theagamh gur maith nach 'eil, ach a mach bhuaith sin, tha sinn uile a' seachnadh móran chuspairean 'n ar teagasc follaiseach a chionn gu'm biodh e duilich dhuinn labhairt orra an Gàidhlig *gun dragh a ghabhail*.

Gheibhearr anns an àireamh so o sgóilearan an Albainn, an Lunnainn, an America, agus an New Zealand, iomadh rud as fhiach a leughadh, seanchas is beachdan cothromach mu "Mhiorbhuilean agus laghanna a' Chruthachaidh," "Esra agus Nehemiah," "Am faidh Amos," "Dara teachd an Tighearn," agus mar sin eile, agus tha iomradh coibhneil air a dheanamh ann leis an Fhear-dheasachaidh fhein air an leabhar a bha air a chur a mach o chionn ghoirid leis an Ollamh Iain Baillie, "Ar n-Eòlas air Dia." Ann an iomradh so tha firinn agus coibhneas a' pògadh beul ri beul, an fhirinn air sgàth an leabhair fhein, agus an coibhneas air sgàth athair an fhir a sgrìobh e.

### Deadhan Lios-mór.

Chan urrainnear a ràdh gu'n do rinn an Comunn ùr a tha a' cur a mach sgriobhaidhean Gàidhlig dearmad air Deadhan Lios-mór, no air a' bhàrdachd a chruinnich e, oir b' ann as an t-sean thigh-tasgaidh sin a bha a' cheud leabhar a chuir an Comunn a mach air a tharruing, agus is ann as a thugadh an treas leabhar cuideachd, a thàinig a mach o chionn ghoirid, agus a bha air a dheasachadh leis an Ollamh Niall Ros, an Lagan Bhàid-eanach.

Tha naoi dàin fhichead anns an leabhar; tha a' Ghàidhlig agus a' Bheurla mu choinneamh a cheile air na duilleagan, air chor agus gu'm faod neach air bith fhaicinn ciod is fhiach a' bhàrdachd so innté féin, agus gu'm faod luchd na Gàidhlig fhaicinn ciod an t-atharrachadh a thàinig air ar càinain o chionn ceithir cheud bliadhna. Bha a' bhàrdachd Ghàidhlig so air a cruinneachadh am meadhon Albann, agus air a litreachadh leis a' chluais, air chor agus gu bheil e duilich a bhi cinn teach air uairean gu bheil a h-uile facial ceart.

Bha an obair so anns a' bheairt aig an Ollamh Ros o chionn ùine mhaith, is ghabh e dragh mór ris, ach b' fhiach dha a shaothair, oir tha an leabhar a nis air a chur a mach ann an dòigh a thoilicheas an t-sùil agus an inntinn.

Tha e air a chur a mach o'n chlòdh le Oliver & Boyd, an Dun-éideann, agus is e sia tasdain deug a phris.





## An t-Ollamh Dòmhnull Dòmhnullach, Uidhist-a-Tuath

AIR Di-dòmhnaich Càsg chrìochnaich an duine gaolach so a thurus air thalamh is chaith e steach do'n t-Solus.

Bha uaisle agus irioslachd ann am Maighstir Dòmhnull gu nàdurra, ach bha a bhuidhean nàdurra air an deanamh na bu mhaisiche le companas na diadhaidheachd.

Rugadh e an 1855 : bha e air oilleanachadh an Oilthigh Ghlacach ; air a chur air leth gu dreuchd na ministrealachd le Cléir Mhuile an 1885 : 'n a fhear-cuideachaidh an Tiriodh suas ri dà bhlàdhna, agus air a shuidheachadh ann an 1887 an Uidhist-a-Tuath, far an do chuir e seachad a bheatha uile am measg a dhaoine féin.

Coltach ri Mordecai bha e mór am measg nau Uidhisteach, taitneach do mhór chuid-eachd a bhràithrean, ag iarraidh maith d'a shluagh, agus a' labhairt sith ri shliochd uile.

Cha robh dh'eòlas agam-sa air ach gu'n do thachair sinn air a chéile aig an t-Seanadh an Dùn-éideann uair no dhà 'n a sheann aoi, agus gu'n robh mi anns an sgoil Shàbaid aige an uair a bha e 'n a fhear-cuideachaidh an Tiriodh. Ach bha duilichinn orm riamh nach ann an Tiriodh a bha e air a shuidheachadh seach an Uidhist. Ach cha robh sinne cho fortanach ri muinntir Uidhist, no theagamh cho toillteanach air tiodhlacan an fhreasdail.

Bha dithis de na tha a' sgriobhadh uime air an duilleig so air an togail anns a' choimhthional aige, is bha Coinneach MacLeòid ag obair còmhla ris, air chor agus gu'm b' aithne dhaibh uile gu maith an seòrsa duine a bha ann am Maighstir Dòmhnull.

\* \* \* \* \*

**Leis an Ollamh Coinneach MacLeòid, an Giogha.**

O chionn beagan linnteann bha gille òg an Uidhist a Tuath ris an abradh na coimhearsnaich Calum na Gealaich. Bha a mhàthair 'n a banraich agus a chuid eile de'n teaghlaich glé òg, agus is ann air Calum a bha uallach an tighe. O mhoch gu dubh bhiodh e buachailleachd erodh a' bhaile, agus an uair

a bhiodh a' ghealach ann, dh' obraigheadh e gu meadhon oidhche air fearann a mhàthar. Is e sin a b' aobhar gu'n d' fhuair e an t-ainm, Calum na Gealaich. Dh' fhàg e dileab eireachdail aig a shliochd.

Tha an sliochd sin an dà chuid lìonmhòr agus iomraiteach anns an Eaglais. B' aithne dhomh fhéin seachd deug dhiubh, agus ma's maith mo bheachd, bha no tha uiread eile dhiubh ann. Bha iad uile 'n an deagh mhiniestar, uasal 'n an dòigh agus dùracdhach 'n an dreuchd, agus bha cuid dhiubh a choisinn cliu ann am bàrdachd agus an eachdraidheachd.

'N am measg air fad cha robh fear eile a bheireadh bàrr air Maighstir Dòmhnull, mar theireamaid ris mu'n do rinn Oilthigh Ghlacach Ollamh dheth. Ged nach d'fhàg e leabhar no sgrìobhadh sam bith as a dhéidh is fheudar gu'n robh meudachd annsan a fhuair a leithid de ghream air an sgìreachd anns an do rugadh e, agus anns an robh gach dàrnacha teaghlaich càirdeach dha fhéin. Ach bha na h-Uidhistich riamh 'n an daoiné léirsinneach, agus cha robh fear no té 'n am measg nach aidicheadh, ma's e fear diubh fhéin a bha so, gu'n robh e o'n chridhe gus a cheann na b' àirdé na iad fhéin. Thoisich iad le dlighe ministeir a thoirt da : chrìoch-naich iad le h-uile dlighe a bha ann a thoirt da. Bhiodh e an diugh 'n a bhreitheamh, am màireach 'n a chomhairliche, an earar 'n a ionnhasair, agus 'na phears-eaglais fad na h-ùine. Cha b' ann le smachd na cléire a thug e mach dha fhéin gaol agus earbsa an t-sluaigh, ach leis a' chridhe bhlàth, leis an làimh fhosgailte, agus leis an toinig sin anns a bheil faite gàire.

Bha mi fhéin còmhla ris an latha sin a thàinig fear g'a ionnsaigh an imcheist mhóir, a chionn gu'n tug e bòid ni sònraichte a dheanamh nach biadh idir chum maith na h-Eaglaise. "Seadh, a ghràidhein," arsa Maighstir Dòmhnull, "an cuala tu riamh an seanfhacal, 'Bòid nach còir a thabhairt cha chòir a chumail.'" "Ach a bheil sin ceart, a mhiniesteir ? Nach fiachan air duine rud a gheallas e ?" "Saoil, a ghràidhein, an robh

Herod ceart an uair a thug e an ceann de Eoin Baiste, los a ghealladh a chumail ?”  
“ Cha robh, a mhinisteir, cha robh idir idir—agus, le’r cead, bidh mi nis a’ falbh, agùs m’ eallach dhiom.”

Ged a bha Maighstir Dòmhnull an dà chuid dìchiollach agus cothromach anns gach dleasdanas a bhuiineadh do’n sgìreachd, cha robh e idir aig fheabhas gus an seasadh e anns a’ chrannaig. Cha chuala mi searmonaiche riamh a b’fheàrr leam éisdeachd ris o thoiseach gu deireadh na bliadhna. Bha tàbhachd ’n a theagasc agus loinn air a chainnt. Gun teagamh cha robh e deabhriathrach, ged a bha sin ’n a chomas cuideachd, ’n am b’e thoil e. B’ fheàrr leis gu mór a bhi labhairt ri coimhthionail mar gu’m biodh e a’ reusonachadh ri caraid taobh an teine. Bheireadh e mach ceann-teagaisg, chuireadh e a chorrag air a’ phriomhsmaintinn anns a’ cheann-teagaisg sin, agus leanadh e an smaintinn so tre lùban agus tre chama-luban gun a lorg a chall, gus an càiricheadh e i gu séimh socair ann an eanchainn agus an cridhe an luchd-éisdeachd. Cha bu dàna dhomh a ràdh nach robh móran eaglaisean an Albain anns an cluinniteadh teagasc cho fallan no cho farsuing a chluinniteadh an Eaglais Chille-Mhoire an Uidhist a Tuath. Agus bha bhuil ann. Mar thuit fear de’n choimhthional, “ Far an d’ fhuaire an t-uam am bainne, théid e rithisd ann.”

Ach bha iad ann, eadhon an Uidhist, daoine a bhiodh a’ gearan nach robh Maighstir Dòmhnull cruaidh gu leòr no idir bagarrach gu leòr ’n a theagasc. Chaidh am freagairt aon Dòmhnullach co-dhù. “ Faodaidh e bhith gu bheil cuid anns an éisdeachd a their nach ’eil mi cruaidh gu leòr air daoine, no eu-dòchasach gu leòr d’ an taobh.” Thàinig togail air a cheann agus lasag ’n a shùil. “ Rachaibh do’n chladh ud shios, mata, agus abraibh an sin, os ciomh luchd bhur gaoil, nach ’eil ministir Chille-Mhoire cruaidh gu leòr a thaobh nam beò no eu-dòchasach gu leòr a thaobh nam marbh. Abraibh e, ma théid agaibh air.” Ma’s maith an sgàthan an t-sùil, thàinig tiomadh, mur tòanig fiamh cuideachd, air gach cridhe anns a’ choimhthional.

An déidh adhlacadh Chalum-cille, chaidh fear de na manaich a steach do’n Eaglais Mhóir a dheanamh ùrnuiigh. An uair a dh’ amhairc e mu’n euairt, thàinig rachd caoinidh air; “ Is fuar falamh an eaglais an diugh, gun esan innte.”

**Leis an Urramach Aonghus Mac-a-Bhiocair, M.A., an Cinntire.**

S e duine sònraichte a bha ann am Maighstir Dòmhnull, duine air an do bhuilich Dia tàlantán neo-chumanta, agus a bharrachd air na gibhteann nàdurrá a bha aige, bha e ’n a dhuine spioradail, làn de ghràs agus de spiorad na diadhaidheachd. Bha e ’s an t-saoghal ach cha robh e de’n t-saoghal so.

Bha e ciùin, coibhneil, teò-chridheach, càrdeil, fialaidh, agus foirdhidinneach; stuama, measarra, agus faicilleach, ’n a chaitheamh-beatha agus ’n a għluasad; glic ann an gnothuichean na h-eaglaise agus na dùthcha. An aoigheachd a bha ’n a aodann blàth bha e ’n a chridhe cuideachd.

Bha e mion-eòlach ’s an Fhìrinn agus ann an litreachas nan Athraichean agus ann an eachdraidh nan Naomh, agus cha bhiodh duine tòrrail sam bith fada ’n a chuideachd gun fhaicinn gu soilleir gu’n do leugh e a h-uile leabhar nuadh agus sean a b’ fhiach a leughadh.

Bha e ’n a dheagh shearmonaiche ann am Beurla agus ann an Gàidhlig, gu h-àraidh anns a’ Ghàidhlig, cànain a mhàthar agus a shinnsearachd. B’ e searmonaiche Gàidhlig a b’ fheàrr agus a bu tlachdmhoire éisdeachd ris a chuala mise riamh. Bha e soisgeulach, grunnail, òrdail, agus deas ’n a chainnt. Bha rud-eigin ùr aige air son an t-sluaigh a h-uile Sàbaid, agus cha deachaidh e riamh do’n chubaid gun fhiös aige ciod e a bha e dol a bhruiddinn air. Gràdh Dhé ann an Crìosd agus sìth, sin na euspairean a bu dlùithe d’a chridhe. Cò a chuala Maighstir Dòmhnull a’ frithealadh bòrd comanachaидh, no ag ùrnuiigh aig tiòdhlacadh, no aig pòsadh, no aig baisteadh, a dhì-chuimhniceadh a dhùrachd agus a bhriathran taitneach snasmhor. Cha robh guth làidir aige, ach, a’ cronachadh peacaidh obann agus an uile, b’ àbhaist dha a bhith gu math smachdail agus sgaireil.

Cha robh àite air an t-saoghal a bu dochá leis na Uidhist, agus cha robh sluagh air thalamh a bu dochá leis na muintir Uidhist. Mar a b’ àbhaist dha fhéin a ràdh gu math tric, “ Na daoine gaolach laghach : na daoine gaolach laghach !”

Thubhairt ar Slànuighear “ nach tòanig mac an duine gu’n deantadh frithealadh dha ach a dheanamh frithealaidh.” O’n latha ’s an do phòsadh e ri eaglais Chille-Mhoire gus an latha an do leag e dheth a dhreuchd dh’ fhaodadh Maighstir Dòmhnull a ràdh le firinn nach tòanig esan gu’n deantadh

frithealadh dha ach gu'n tainig e a dheanamh frithealadh do na h-uile: oir cha robh ach aon nì 's an amharc aige riamh—'s e sin math spioradail agus timeil an t-sluaign. B'e sin an latha sona do mhuinntir Uidhist agus an latha fortanach do dh' Eaglais na h-Albann an latha a thill Dòmhnull mac Alasdair 'ic Dhòmhnuill 'ic Chaluim 'n a inhinistear òg air ais do'n Eilean Fhada!

Tha bròn is ionndrainn an diugh ann an iomadh tigh an Uidhist bho Bhàllaiddh gu Grimsaidh, bho Phort nan Long gu Machair Iollaraidh, oir chaill a h-uile duine 's an sgìreachd sgaolite fharsuing sin caraid gràdhach seasmhach agus ministeir diadhaidh dileas. B' aithne dhasan gach teaghlach agus an cor, agus cha robh duine 's an eilean, beag no mór, nach robh eòlach airson, agus na 'm bitheadh rud sam bith a dhìth orra, ge b'e air bith eaglais do'm buineadh iad, 's ann thuige-san a rachadh iad air son comhairle, no cuideachaidh, no iasad-airgid, agus cha deachaidh duine riamh do Bhaile-locha nach d' fhuair iochd agus fuasgladh. Tha mise a' creidsinn nach b' urrainn Maighstir Dòmhnull duine bochd lom ocrach a thiomndadh air falbh falamh, agus tha mi làn-chinnteach nach tug e eridhe goirt sam bith le fhiosrachadh. Beannachdan nam bochd, agus beannachdan na cloinne, lean na beannachdan sin e ré a thuruis air thalamh gus an latha mu dheireadh.

Bithidh "cuimhne agus iomradh math" air Maighstir Dòmhnull ann an Uidhist fad iomadh latha 's bliadhna.

Sith d'a anam.

\* \* \* \* \*

#### Leis an Urramach Seòras MacConnich, B.D., an Grianaig

CHUALAS osna dhuilich an Uidhist-a-Tuath o chionn ghoirid; chaochail Maighstir Dòmhnull.

Tha e duilich a chreidsinn fhathast gu'n tainig a' chrioch air, oir is gann gu'n urrainn duine smaointeachadh air Uidhist as aonais. Fad leth-cheud bliadhna bha e "mar ionad-fasgaidh o'n ghaoith, agus mar dhídein o'n doininn" do shean is òg. 'S e ruigte leis gach ceist a bha feum a réiteach, is gach càradh a bha feum a leasachadh. Glic, turail, ciallach, dh' eisdeadh e ris gach cás le foidhidinn, is cha bhiodh aithreachas air an dream a ghabhadh a chomhairle. Com a' choibhneis 's a' chàirdeis, eridhe na h-aogheachd 's na fialachd, cha bhi fios gu là bhràth air an liuthad éiginn d' an tug e fuasgladh, oir cha tachradh a theanga air. Fritheilteach an

tigh a' bhròin, èasgaidh a dh' fhiosrachadh an dilleachdain 's na bantraich 'n an trioblaid, choimhead e e fhéin gun smal o'n t-saoghal. " 'S i so an diadhaidheachd fhìor-ghlan."

Bhiodh e doirbh 'duine fhaighinn a bu fhreagarracha air a dhreuchd na Maighstir Dòmhnull. Bha maise na naomhachd 'n a ghnùis chiùin, chòir; agus cha b' urrainn duit a bhi còmhla ris gun a bhi faireachail air buaidh chiatach an t-saoghal neo-fhaicsinich. Bha e siobhalta 'na ghiùlan; bha e siobhalta 'n a theagasc. Shearmonaich-eadh e gu socair, réidh, le guth drùidh-teach, a' nochdadh do'n t-sluagh gràdh Dhè ann an Iosa Criosd. An còmhnuidh a' cumail air chuimhne gu bheil eridhe ciùrrta, goirt, 's a' h-uile coimhthional, bha misneach, dòchas, is comfhurtachd, a ghnàth 'n a theachd-aireachd.

Bha inntinn geur, soilleir gu nàdurra; bha toil aige dh' ionnsachadh; agus uime sin, ged a bha chrainnchur an eilean iomallach a' chuain, bha e 'cho fiosrach ri fear 's an t-sreath. Bheireadh e mach as 'ionmhas nithean nuadh agus sean. Searmonaiche maith am Beurla, cha chuala mi riamh searmonaiche Gàidhlig a bu taitniche, agus chan fhaca mi idir, idir fear a chuitaicheadh bòrd Comanachaiddh 'eo òrdail ris.

Agus abair Gàidhlig! Bha a chainnt cho deiseil, simplidh, achdarra, is nach e mhàin gu'n robh a sheanachas furasd a thuiginn, ach bha dreach air a bheireadh aoibhneas do'n chridhe. Bha mi uair-eigin an cuideachd seana mhinisteir a bha 'n a shearmonaiche Gàidhlig air leth comasach, agus thachair dhuinn tarriuña a thoirt air searmonachadh Gàidhlig. "Cha chuala mi," ars' esan, "ach dà shearmonaiche Gàidhlig riamh." B' e Dòmhnull Dòmhnullach, ministeir Ceann-a-Tuath Uidhist, fear dhiubh!

A bhàrr air uallach na sgìreachd, bha Maighstir Dòmhnull 'n a chléireach agus 'n a chomhairliche glie an Cléir Uidhist air son suas ri dà fhicheadh bliadhna. Is iomadh turus udalach a bha aige, a' freasdal air coimhthionalan gun mhinisteir; dh'fhaoidteadh a ràdh gu'n robh ro-chùram nan eaglaisean uile a' teachd air o uair gu uair. Fo mhór spéis aig a bhràithean 's a' Chléir, bha earbsa is creideas aig Eaglais na h-Alba gu léir ann. Thug Oil-thig Ghlaschu an D.D. dha, agus, a ghràidh an t-saoghal, 's e b' airidh oirre!

Ged a b' e dleasnas a dhreuchd a bu dlùithe do chridhe an duine chòir agus chliùitich so, bha làmh aige ann an cùisean

aimsireil na sgìre gus an tāinig ciaradh an fheasgair is lapaiche na h-aoise. Far am biodh e bhiodh rian is riaghailt, is leas na dùthcha air altrum gun ghuth mór no droch fhacal. Bha e de'n bheachd gu'm b' fheàrr a bhi sàmhach na'n fhìrinn innseadh le farran.

Ged a bha an t-Oullamh Dòmhnull Dòmhnullach stòlda, ciùin 'n a dhol a mach 's 'n a theachd a steach, bha e ceanalta, suaire, gaolach air còmhchradh inntinneach is fealla-dhà

gun ghò. Cò b' airmsiche dh' uidheamaich-eadh sgeul, cò b' aoibheile an ceann a' bhùird ?

Air a chrùnadh le urram 'n a thìr féin, cha chualas riamh na bu mhiosa uime na "Maighstir Dòmhnull" bho chomh-luchd-dùthcha, no "Baile -n -loch" bho'n choigreach. Bidh cuimhne is ionmdrainn air fhad 's a bhios a' ghineal so beò.

Séimh gu'n robh chadal.

## Crìoch àraidh an duine

*Leis an Urramach Aonghus Mac-an-Fhleisdeir, B.D., am Bothwell.*

"Uime sin co dhiubh dh'itheas no dh'òlas sibh, no ge b'e ni a ni sibh, deanaibh na h-uile nithean chum glòire Dhe."—I. COR. x, 31.

"DEANAIBH na h-uile nithean chum glòire Dhe."

Tha cuimhne agaínn uile air a' cheist agus air an fhreagairt a dh' ionnsaich sinn nuair a bha sinn òg. "Ciod is crìoch àraid do'n duine ? "

Tha Leabhar Aithghearr nan Ceist a' cur na ceist sin oirnn anns a' cheud dol a mach. Tha sin a' leigeil fhaicinn dhuinn cho glic 's a bha na daoine a chuir r'a chéile na ceistean a tha 's an leabhar bheag sin. Tuigidh a' chlann òg a' cheist so. Nach i so direach a', cheud cheist a bhios iad fhéin a' cur, nuair a chi iad ni sam bith nach fhaca iad riamh roimhe! "Ciod e tha so ? " bithidh iad ag ràdh. "Car son a rinneadh e ? Dé's feum da ? " Agus ma tha sinn 'n ar creatairean reusanta idir, chan fhaod e bhi nach do chuir sinn a' cheist so, "Mise mi fhéin; car son a rinneadh mi ? Dé's feum d' an bheatha so ? Car son a chruthaich Dia an duine ? "

Dà mhìle bliadhna roimh so, bha na daoine glic am measg nan Greugach a' beachd-smuaineachadh air na ceistean sin. Thubhairt iad riu fhéin 'n an smuaintean, "Cha do rinneadh gun aobhar sinn. Chan 'eil beatha an duine gun chiall, gun chuis, gun fheum. Cha chreid sinn gu'n robh sinn air ar cur 's an t-saoghal chum 's gu'n ith sinn, agus gu'n òl sinn, agus gu'm bi sinn marbh am màireach. Tha ar n-intinn agus ar n-anam cho mór agus cho iongantach 's gu bheil feum na's feàrr na sin air an son."

### Fàth na beatha so.

Bha feadhainn ag ràdh—mar a tha feadhainn ag ràdh riu fhéin aig an là diugh—"Rinneadh mi chum 's gu'm biodh mi sona. 'S e sin fàth na beatha so." Ach bha

feadhainn eile a' freagairt, "Chan 'eil sin ceart. Is fheàrr a bhi dileas na bhi sona. Is fheàrr a bhi fulang air son do chàirdean, no air son do dhùthcha, ma bhios sin feumail, na bhi sìreadh do shonais fhéin."

An sin dh' éirich feadhainn eile, agus thubhairt iadsan, "Dh' fhaodadh gu'n do rinneadh sinn gu bhi sona, ach chan fhiach sonas no sòlas idir, ach an sonas agus an sòlas a thig an lorg ar dleasanais. Ma bhios sùil againn daomanan r' ar sonas fhéin a mhàin, caillidh sinn e; ach ma bhios sùil againn air nithean eile, nithean as fheàrr, 's ann an sin a bhios sinn sona da rìreadh."

Tha sinn coltach ri daoine a rachadh a mach le bogha no le gunna, a thilgeil air comharradh no air targaid. Mur h-eil sinn glie, faodaidh sinn ar beatha a chaitheamh a' tilgeil, a' losgadh, a' leigeil urchrach, gun fhios cò dhiù 's e 'n targaid cheart a tha romhainn, no nach e. Is maig a bhi tilgeil air targaid cheàrr, ged a dh' amaiseadh sinn air, agus mar sin a bhi a' call cothroim air an targaid cheart a bhualadh agus air duais fhaotainn.

### Tilgeil air comharradh.

Bha na smuaintean so am beachd nan daoine glic am measg nan Greugach, oir am facal a bha aca air son *peacaidh*, b' e sin facal a bha ciallachadh "tilgeil air comharradh gun a bhualadh." Ma bha na saighdean a' dol seachad no a' tuiteam gu lär an àite an targaid a ruigheachd, b' e "*hamartia*"—*peacadh*, am facal a bha aca air son sin. Mar sin tha an t'abstol Pol ag ràdh, "Pheacach na h-uile, agus tha iad air teachd gearr air glòir Dhé."

Agus bha na Greugaich a' foighneachd, c'ait an robh an targaid cheart; ciod an

comharradh air am bu chòir dhaibh a bhi tilgeil? Ciod e am math as àirde, am math as fheàrr air ar son? No, mar a tha Leabhar nan Ceist ag ràdh, "Ciod i crìoch àraidh do'n duine?"

Chan e na daoine glic a mhàin a bha, no a tha, a' cur na ceist so, agus a' toirt freagairt dhi. Tha gach duine's an t-saoghal a' toirt freagairt do'n cheist so anns gach là d'a bheatha. Dh'fhaodadh nach 'eil fhios aige gu bheil e deanamh sin, ach tha e tilgeil air comharradh air choireigin, bitheadh e math no olc. Is iomadh comharradh feumail a tha air a chur romhainn anns a' bheatha so; biadh, aodach, airgiot, slàinte chorporra, agus a leithid sin. Tha iad sin uile 'n an crìochan matha, nach bu chòir dhuinn a dhìchuimhneachadh. Ach chan 'eil anns na crìochan sin ach meadhonan gu crìoch na's mò a ruigh-eachd. Chan 'eil sinn a' tighinn beò chum 's gu'n ith sinn: tha sinn ag iteheadh chum 's gu'n bi sinn beò. Tha airgiot glé mhath 'n a àite fhéin; ach ma bhios long air a briseadh air eilean beag fada o'n tir, agus ma bhios na seòladairean a' dol as cho math 's a dh'fhaodas iad; ged a bhiodh stòras mór de dh'airgiot agus de dh'òr air an luing, nach biodh na daoine gòrach na'm biodh iad a' toirt an òir leò agus a' fàgail arain agus gach seòrsa bìdh gus an sluigeadh na h-uisgeachan suas iad!

Tha gach duine a' cur targaid no comharradh air choreigin roimhe, co dhiu tha fhios aige fhéin gu bheil e deanamh sin, no nach 'eil, agus tha e a' sireadh, agus a' feuchainn, comharradh a bhualadh anns gach ni a tha e deanamh. Is e so a tha cur eadar-dealachadh eadar gliocas agus amaitheachd, gu bheil fhios aig an duine ghlic ciod a tha e cur roimhe, ciod a' chrìoch a tha e sireadh: chan 'eil e a' eaitheamh a bheatha mar dhuiñe dall a' coiseachd 's an dorchadas. Is beag, is bochd, is olc beatha an duine sin nach 'eil a' sireadh crìche móir agus prìseil. Feumaidh sinn bhi 'g iarraidh nithean air ar son fhéin, no cha téid againn a bhi tighinn beò idir; ach ma bhios sinn beò uile gu léir air ar son fhéin, chan fhiach ar beatha ach beag.

### Cinnich agus dùthchanna.

Tha sin fior, chan e a mhàin mu thimchioll dhaoine, ach mu thimchioll nan cinneach agus nan dùthchannan cuideachd. Bu chòir do dhuiñe bhi 'g iarraidh math a theaghlaich fhéin, no leas agus math a choimhairsnaich, amhul mar a tha e ag iarraidh maith air a shon fhéin. Bu chòir do'n duine agus d'a theaghlaich agus d'a choimhairsnach a bhi

'g iarraidh math dhaoine eile, agus math na dùthcha. Ach ma bhios muinntir na dùthcha gun suimi do dhùthchannan eile, mur bi iad ag iarraidh math do na cinnich eile, agus mur h-eil iad, cho fad's is urrainn daibh, a' cur air aghairt leas dhaoine eile, chan 'eil iad glic: chan 'eil iad a' deanamh ceartais eadhon d' an dùthaich fhéin. Chan 'eil e ceadaichte do dhuine sam bith no do chinn-each sam bith, a bhi beò dha fhéin a mhàin. Mar a tha e sgrìobhta, "Na seallaibh gach aon air na nithean a bhuineas da féin, ach gach aon air na nithean a bhuineas do dhaoine eile mar an ceudna."

### Sinn féin.

Cha tig sìth cheart agus chinnteach air an talamh, gus am bi muinntir gach dùthcha feadh an t-saoghail a' cuimhneachadh leas agus math nan dùthchannan eile. Tha e ceart gu leòr a bhi glaoedhaich, "Suas le ar cànan: suas le ar dùthaich: suas leis a' Ghàidhlig;" tha sin ceart: bu chòir dhuinn meas a bhi againn air ar dùthaich fhéin; ach feumaidh sinn a bhi toirt an aire, nach 'eil e ceart idir a bhi 'g eigheach, "Sios le daoine eile: sios le tir air bith eile."

"Cò e mo choimhairsnach?" thubhaint am fear-lagha ri Iosa, agus dh'innis Iosa dha gu'm faodadh e bhi duine de na Samaritanach, muinntir a bha 'n an nàimhdean do Israel roimli sin.

An targaid air am bu chòir dhuinn a bhi tilgeil, an comharradh bu chòir dhuinn a bhi cur romhainn, "crìoch àraidh" do gach duine, ciod e tha sin? Chan e biadh no aodach no airgiot air ar son fhéin. Tha iad math gu leòr agus feumail 'nan àite fhéin; ach tha a' chùis na's mò na sin. Chan e ar teaghlaich, ged is e ar dleasanas cùram a ghabhail d' ar tigh féin. "Mur dean duine solar air son a chuideachd féin, agus gu h-àraidh air son muinntir a theaghlaich, dh' aicheadh e an creideamh, agus is miosa e na ana-creideach."

Chan e ar dùthaich: is e féinealachd gach cinnich an cunnart as mò a tha 's an t-saoghal air an là 'n diugh. Ni 's mò na sin, chan e an cinne-daoine gu léir. Iad sin uile, chan 'eil iad ach páirt na crìche móire so. Agus an t-ainm a chuir an t-abstol air a' chrich sin, a' chrìoch anns am bheil gach crìoch laghail eile a' faotainn àite: 's i *Glòir Dhé* a thug e mar ainm oirre. "Deanaibh na h-uile nithean chum glòire Dhé."—"Pheacach na h-uile, agus tha iad air teachd gèarr air glòir Dhé." "Ciod i crìoch àraidh do'n duine? Is i crìoch àraidh do'n duine, Dia a ghàhrachadh."

**Glòr Dhe.**

Ciod a tha sin a' ciallachadh? *Glòr Dhé:* ciod i sin?

Bha aon bheatha anns an t-saoghal so, anns an deachaidh a' chrioch sin a choimh-lionadh. Agus tha cuimhne agaibh, a chàird-dean, tha sibh a' cuimhneachadh a' chunntais a thug Iosa e fhéin air, nuair a bha e ri ùrnigh air an fheasgar roimh a bhàs. Thubhairt e 'na ùrnigh;—"Ghlòraich mise thusa air thalamh." Agus an sin, mar gu'm biodh e a' mineachadh nam briathran sin, thubhairt e, "Chriochnaich mi an obair a thug thu dhomh r'a dheanamh." Bhi deanamh na h-oibre a thug Dia dhuit r'a dheanamh; is e sin a bhi glòrachadh Dhé.

Tha fhios againn gu bheil na nithean a chruthaich Dia 'g a ghlòrachadh. Tha "na speuran àrd as àille dreach" a' seinn d' an Cruithear co-sheirm bhinn. "Tha 'ghrian gun sgùs o là gu là, a' sgaoileadh clù a Dia 's gach àit."

Ciamar tha iad 'g a ghlòrachadh? Tha iad a' deanamh na thug Dia dhaibh mar obair. 'S ann mar sin a tha iad 'g a chliùth-achadh. 'S ann mar sin a tha iad a' cur an cíell a ghlòire. Is ann mar sin a dh'fhaodas sinne cuideachd bhi 'g a ghlòrachadh. Bha Iosa a' deanamh sin nuair a bha e a' teagasc agus a slànachadh luchd-aiteachaidh Ghailile agus Ierusalem. Bha e a' deanamh sin nuair a bha e air chramm-cheusaidh. Agus, a thuilleadh air a sin, bha e a' deanamh an ni ceudna nuair a bha e 'na shaor ann an Nasaret. Ge b' e ni a ni thu, ma bhios tu cimteach gur e toil Dhé gu'n dean thu sin, tha thu 'g a ghlòrachadh.

## Rabhadh roimh làimh

*Leis an Urramach Iain Mac-a-Phearsoin, M.A., an Tigh-an-Uillt.*

THACHAIR duine orm bho chionn ghoirid a tha a' creidsinn gu mór ann an rabhaidhean a bhios daoine a' faotainn roimh làimh air nithean a tha dol a thachairt.

Tha iomadh neach ann an diugh nach 'eil idir a' creidsinn gu'n téid aig duine air rabhadh mar so fhaotainn. 'S ann timchioll air aon a bha aon uair glé ainmeil an Sgùr Mhuc-arna a tha an naidheachd a leanas air a h-innseadh. Tha i air a sgriobhadh ann am Beurla mar tha, uair no dha, ach cuiridh mise sìos an so ann an Gàidhlig i. Bidh a bheachd féin aig gach neach a leughas i.

**Fear Inbhir Atha.**

Tha tigh mór Inbhir Atha air a thogail air bruachan Abhainn Atha ann an àite cho

**Obair gun deanamh.**

Is iomadh duine a tha brònach nuair a chuimhnicheas e an obair a thug Dia dha r'a dheanamh; obair a dh'fhág e gun a dheanamh. Tha e a' deanamh aithreachais nuair a smuainicheas e air na nithean sin. Cha do ghlòraich sinn ar Dia mar bu chòir dhuinn. Faodaidh e bhi nach bi an cothrom againn na's mò air an dleasanais a chur an gniomh a dhìchumhnicheas sinn an dé. Ach tha obair aig Dia air ar son an diugh. Tha e a' toirt cothroim eile dhuinn a nis; obair eile a tha e ag iarraidh oirne a dheanamh. Is math a bhi duilich air son ar mearachdan, ach chan 'eil math sam bith a bhi caoidh mearachdan an dé, agus a' fàgail obair an latha diugh gun oidhpr a thoirt 'g a deanamh.

Tha obair aig Dia air do shon an diugh. Bi cimteach as a sin. Theagamh nach 'eil sinn comasach air nithean móra a chur an gniomh, ach tha feum aig Dia air nithean beaga cuideachd. Ged nach 'eil thu ach ag itheadh agus ag òl le cridhe taingeil, tha thu a' toirt seirbhis dha. Iarr air innseadh dhuit ciod e a thoil gu'n deanadh tu a nis. Agus ma thuigeas tu ciod is còir dhuit a bhi feuchainn a nis, agus ma bhios tu ag obair air na gnothuichean sin, faodaidh tu bhi creidsinn gu bheil thu a' cliùthachadh an Tighearna do Dhia, còmhla ris na nèamhan agus na h-ainglean as àird an glòir, a tha cur an cíell a mhòralachd agus a naomhachd o shiorruidheachd gu siorruidheachd.

"*Ge b'e ni a ni sibh, deanaibh na h-uile nithean chum glòire Dhé.*"

bòidheach 's air an dearc do shùil air taobh siar na Gàidhealtachd. Tha e an aithris gu robh Donnchadh Caimbeul, uachdaran Inbhir Atha aig an àm, aon fheasgar 'na shuidhe 'na aonar aig an teine ann an aon de na seòmraichean nuair chual e gnogadh cruaidh aig an dorus. An uair dh' fhosgail se e chunnaike e duine ciontach an sin, eudach sròichte, fhéileadh dearg le ful, is anail an àird a chliéibh, agus ghuaidh e air gu dùrachdach àite-dòn a thoirt da; gu'n do imharbh e duine ann an streupaid agus gu'n robh an luchd-tòir gu dian as a dhéidh.

Gheall an Caimbeulach sin dha, ach cha robh e ach gann air an duine a chur ann an àite-falaich nuair chual e an ath ghnogadh

aig an dorus. Nuair dh'fhsogail se e chunnaic e dithis fhear fo làn armachd 'n an seasamh air an àird-bhuinn, is thubhaint iad á beul a chéile, "chaidh do cho-ogha a mhort an diugh, agus tha sinne an tòir a' mhortair." Chuimhnich an Caimbeulach air a' ghealladh agus cha do ghabh e air gu'n robh fhios aige c'aité an robh am fear a bha fo'n choill. Thog na seòid orra.

### An taibhs.

An oidhche sin féin bha an t-uachdaran 'na chadal ann an seòmar mór farsuinn. Air feadh na h-oidhche dhùisg e le uamhas is eagal, oir chunnaic e an taibhs aig Dòmhnull, a cho-ogha a bha air a mhort, 'na sheasamh aig taobh a leapa, is thuirt e ann an guth garg na briathran so, "Fhir Inbhir Atha! Fhir Inbhir Atha! Tha ful air a dòrtadh, na teanachd thusa am mortair."

Anns a' mhàduinn, air an ath latha chaidh an Caimbeulach gu àite-falaich a' mhortair 's thuirt e ris nach b' urrainn da fhalach na b' fhada. "Cuumhnich," ars am fear eile, "gu'n d'thug thu t' fhacal air do bhiodaig." Chuir so dragh nach bu bheag air inntinn an uachdarain agus gun fhios aige dé b' fheárr dha a dheanamh. Bha a chogais 'g a dhíteadh agus fhathast bha e air son fhacal a chumail, agus 's e rinn e gu'n do threòraich e am mortair gu uamh am Beinn Cruachain, a bha dlùth air làimh, agus dh' fhalaich e an sin e.

An ath oidhche, nuair ghabh e mu thàmh bha e a' carachadh 's a tionndadh agus e cho mi-shocair 's nach b' urrainn da cadal. Chual e a ris an aon ghuth garg, agus nuair dh'fhsogail e a shùilean chunnaic e taibhs Dhòmhnuill an dara uair agus e 'na sheasamh ri taobh na leapa aige, agus chual e na h-aon briathran eaggallach bho bhilean, "Fhir Inbhir Atha! Fhir Inbhir Atha! tha ful air a dòrtadh, na teanachd thusa am mortair." Nuair shoilleirich an latha chaidh e le cabhaig is e fo throm iomgain dh' ionnsuidh na h-uamha, ach bha i falamh fas 's an coigreach air tarruing.

### Ticonderoga.

An oidhche sin féin nuair chaidh e do'n leabaidh cha b'urrainn da cadal, ged bha sannt gu leòr aige air. Chunnaic e an taibhs an treas uair is aodann cho gruamach ged bha a ghuth móran na bu chiùine na chleachd e bhith, agus labhair e na briathran so, "Slàn leat, Fhir Inbhir Atha, gus an comhlach sinn le chéile aig Ticonderoga!"

Cha deach an t-ainm neònach ud riagh air dìchuimhne air a' Chaimbeulach. Beagan an déidh sin ghabh e anns an arm, agus bha

e 's an réisimeid ainmeil sin ris an abrar "Am Freiceadan Dubh," a bha a' cumail smàig air na Gàidheil a bha buaireasach 's an àm.

Rè tìne fhuair e 'na Mhàidsear, agus bliadhna no dhà an déidh sin bhris cogadh mór a mach eadar Breataunn agus an Fhraing, agus chaidh esan air cheann na réiseimeid aige do America gus an talamh a bha aig an Fhraing an sin a thoirt a mach. Chaidh erith 'na fheòil 'nuair chual e gu robh aca ri ionnsuidh dhàicheil a thoirt air Gearasdan ris an cante Ticonderoga.

Bha fhios aig na h-oifigearan a bha maille ris air naidheachd Inbhir Atha agus air briathran na taibhse, is chuir iad an cinn ri chéile gus a char a thoirt as le bhith cur an ire dha nach e Ticonderoga a bha iad a dlùthachadh air ach Gearasdan Dheòrsa.

Anns a' mhàduinn, an ath latha ghabh iad beachd air cho mi-thuarail agus cho mi-shunndach 's a bha e. Chuir e fàilt orra anns na briathran so. "Thug sibh an car asam. Is e so Ticonderoga. Thainig e do'n champ agam an raoir; so latha mo dhunach-sa." Mar thubhaint b'fhior.

\* \* \* \* \*

Chuir an naidheachd so 'n am chuimhne naidheachd a tha agaínn ann an Leabhar Dhaniel air an rabhadh a fhuair Belsasar roimh uair a bhàis. Rinn e féin agus na bha maille ris dìchuimhne air Dia, is bha iad ag aoradh do dhiathan eile. Tha e coltach gu'n do rinn e cuirm mhór agus chruiinnich e chuire mile d'a thighearnaibh agus bha iad ag òl a sothicéan òir a ghoid athair Nebuchadnesar á teampull Dhé ann an Ierusalem. Ann am meadhon na cuirne thug an righ sùil air a' bhalla, is chunnaic e ni a chuir eagal is dragh air, dh'atharraich a choltas, is bha a chasan air chrith fodha, cho luath ri slait an sruth.

### Sgriobhadh air a' bhalla.

Chunnaic e làmh duine a' tighinn a mach as a' bhalla, agus sgriobh a mheòir air a' bhalla na briathran so "Mene, Mene, Tecel Upharsin." Cha d' fhuaradh duine anns an rioghachd aige a mhìnichheadh na briathran dorcha so ach Daniel, braighdeanach á Iudah. B' e ciall nam briathran so gu'n robh an rioghachd gu bhith air a toirt uaithe. Air an oidhche sin féin chaidh Belsasar a mharbhadh agus ghabh fear eile àite.

Ma tha na bheil sinne a' leughadh 's a' cluinnntinn timchioll air Hitler 's air a chuideachd uile fior tha iad móran na's miosa na bha Belsasar. Tha an sluagh air

an cumail aca an dorchadas, tha Soisgeul Chriod glé shuarach 'n an sealladh; na h-eaglaisean 'g an dùnadhd agus na ministearan nach géill d' an toil-san air an tilgeil ann am priosan. Faodaidh gu mair so greis bheag ach thig an latha, luath no mall, nuair gheibh an sluagh cothrom eíridh agus an cuibhrichean a thilgeil dhiubh; anns an latha sin bidh coltas is casan Hitler mar bha coltas is casan Bhelsasar.

Chan 'eil teagamh sam bith nach do rinn Hitler obair mhór anns a' Ghearmailt bho'n fhuair e 'na cheannard oirre, ach ghabh e 'na cheann gu rachadh aige air an t-saoghal gu léir a cheannsachadh. Cha b' esan a cheud fhear a smuainich sin agus theagamh nach e am fear mu dheireadh.

#### An Dia nach do ghlòraich thu.

Mu'n do thòisich an cogadh mór so tha

cuimhne agam air òraid a liubhair fear de mhiniestearan a' chrùin againn féin anns an d' thug e cliù mór do Hitler air son na rinn e air son na Gearmailt. Ach aig a' cheart àm thug e rabhadh dha e a ghabhail leis na bha aige cheana, agus gu'm biodh meas air mar dhuine mór ach mur gabhadh gu'n eireadh gu h-olc dha.

Tha mi a' smuaineachadh gu bheil na briathran a sgriobhadh mu Bhelsasar fiòr d'a thaobh-san mar an ceudna, "Mharbhadh e an ti a b' àill leis, agus an neach a b' àill leis chumadh e beò, agus an neach a b' àill leis chuireadh e suas, agus an neach a b' àill leis chuireadh e sios."

Chuir e ann an neo-bhrìgh gach rabhadh a fhuair e agus a nis tha meur a' sgriobhadh air a' bhalla—"An Dia aig a bheil t'anail 'na làimh cha do ghlòraich thu; uime sin eriochناichidh e do rioghachd."

## Ag ùrnuigh gun sgur

*Leis an Urramach Niall G. Dòmhnullach, an Aird-nam-murchann.*

SO agaibh naidheachd a fhuair mi an là roimhe bho sheann charaid air an do thadhail mi air chuairt am measg muinntir a' choimh-thionail. Tha i fior oir bha 'athair gu math eòlach air na daoine ann an laithean oige.

Is coltach gu'n robh duine anns an sgír aig an àm a bha gu math caoin-shuarach mu'n eaglais is mu gach nì air son an robh i a' seasamh am beachd dhaoine. Bha so a' cur curaím air a chàirdean, is bha iad air am maslachadh le dhol air adhart. Dh'fheuch iad gach dòigh air am b'urrainn dhoibh smuaineachadh gu thàladh gu Tigh na h-Urnuihg, is dh'fheuch iad ri a choéigneachadh, ach dhiùlt e am muigh is am mach cas a chur a stigh air dorus na h-eaglaise.

'S e thàinig as gu'n do chuir a chàirdean an cinn ri chéile, agus air an ath Shàbaid thog iad leotha e a dheòin no dh'aindeòin. Nuair a chunnaic e nach robh dol as ann dha, chaidh e leotha ceum air cheum, agus cha bu bheag an t-iomghnadh do mhuinntir an àite a bhi 'ga fhaicinn a' ghabhail àite suidhe maille ri chàirdean. Cha d' thubhaint e falcal, is cha do gluais e gus an do thòisich an t-seirbhis, agus an sin spàrr e a chorragan 'na chluasan. Dh'fhurich e mar sin fad na h-ùine gus mu mheadhon an t-searmoin an d' thàinig cuileag a laigh air a shròin. B'fheudar dha an sin aon d'a làmhan a thoirt bho chluais a chum a cur air falbh. Air dha sin a dheanamh chual e am ministear ag ràdh—"Bithibh ag ùrnuigh gun sgur." Chuir na briathran sin iongantas air, agus is e thàinig as gu'n deach Iain far

an robh am ministear aig crìoch na seirbhis feuch an innseadh e dha ciamar a bha e comasach do dhuine a bhi ag ùrnuigh gun sgur. Thug am ministear fanear gu'n d' rinn na briathran so beothachadh air inntinn Iain, is ged nach do thuig e iad, gu'n robh iad a' cur dragh air. Bu mhath a bha fhios aige cuideachd gu'n robh Iain deas gu dol an deasbuid mu'n deighinn, is smuainich e gu'm b'e an rud a b'fheàrr a' ghabhadh deanamh leigeil leis a bhi a' beachdachadh orra leis fhéin car tacain fhathast.

Dh'iar e air Iain a lethsgeul a ghabhail oir gu'n robh e car trang aig an àm le obair an latha, "ach," ars' esan, "rach thusa far a bheil Alasdair Dhòmhnuill's a' mhàduinn, agus is e mo bharail gu'm fuasgail esan a' cheist sin dhuit."

B' fhada le Iain gus an d' thàinig a' mhàduinn, agus air dha bhi cinnteach gu'n robh Alasdair air a chois, thog e air a nunn gu tigh a charaid. Cha bu bheag an t-iomghnadh a ghabh e Alasdair fhaicinn is e trang a' ruamhar. Ghabh e nunn far an robh e agus a' cur failte air; ars' esan:—"Tha sibh trang ag obair, Alasdair." "Trang ag obair agus ag ùrnuigh," fhreagair Alasdair. B' ann mar sin a fhuair Iain fuasgladh do'n cheist a chùm eadail na h-oidhche uaithe, agus tha e ri aithris gu'n robh atharrachadh ri phiosrachadh an caitheamh beatha Iain bho'n latha sin.

Aon eile de na meadhonan a tha Dia a' cleachdadh gu bhi a' dùsgadh spiorad an aithreachais an cridheachan dhaoine.



## Càirdean Iosa

*Is sibhse mo chàirdean-sa.—Eoin XV., 14.*

SHAN 'eil teagamh nach d' thug e toil-inntinn mhór do na deisciobuil an uair a thubhairt Iosa riu, "Is sibhse mo chàirdean-sa," oir b' ion daibh moit a bhi orra. Cha fhreagradh e dhaibhsan a ràdh gu'm b'e Iosa an caraid-san, agus cha mhò a thubhairt iad e, no a rinn iad bòilich as an dàimh anns an robh iad do Iosa. Ciod air bith na fàilingean eile a dh' fhaodadh a bhi anns na h-abstoil cha robh an fhàiling annnt dol ro dhàna air Iosa. Ged bha iad cho eòlach air, agus ged bha caidreamh cho dlùth eatorra, cha do dhìchúimhnich iad riamh an t-urram a bha dligheach a thoirt da. Bha cuid de na h-abstoil càirdeach dha a thaobh na feòla; bha Seumas agus Iudas air an togail anns an aon teaghlaich maille ris, ag itheadh aig an aon bhòrd ris, agus a' cadal, theagamh, anns an aon leabaidh ris; bha iad 'n an càirdean dha ann an dà dhòigh, le ceangal na fala agus le bann na deisciobuileachd, ach ma bha, an uair a thòisich iad air litricean a sgrìobhadh a chum na h-eaglais cha d' thuirt iad aon fhacal uime sin; sgrìobh iad mar *sheirbhisich* an Tighearn Iosa. "Tha Seumas *seirbhiseach* Dhé, agus an Tighearn Iosa Criod, a' cur beannachd chum an dà threubh dheug a tha air an sgapadh o chéile." Ach ged nach do ghabh na deisciobuil orra féin dol ro dhàna air am Maighstir agus an Tighearna, chan 'eil teagamh air bith nach do leum an cridhe le moit is gàirdeachas an uair a thubhairt e féin an rud nach freagradh dhaibh-san a ràdh, "Is sibhse mo chàirdean-sa."

## Dàimh bhlàth.

Uair eile thubhairt e riu, "Tha sibh ag ràdh, Maighstir, agus Tighearna, riomsa; agus tha sibh ag ràdh gu maith; oir is mi sin"; ach an so tha e ag ràdh gu bheil dàimh eile agus dàimh as blàithe na sin eadar e féin agus iadsan, dàimh a' chàirdeis agus a' ghràidh. Bha e air bheul an saoghal fhàgail; bha e dol a chur nan abstol a mach gus an saoghal a chosnadha dha, agus a' fàgail rioghachd Dhé air thalamh air an cùram; ach m'an do chuir e a mach iad ghabh e an cothrom air innseadh dhaibh gu robh e 'g an cur a mach, chan ann mar sheirbhisich a mhàin ach mar chàirdean. B'e sin an dòigh a ghabh e air innseadh dhaibh gu robh làn earbsa aig annnt; earbsa 'n an dilseachd agus 'n an dìchioll.

Bho thaobh Chriosd tha an càirdeas so a' ciallachadh gu'n toir e solus d'a shluagh; gu'n dean e 'inntinn agus a rùintean soilleir dhaibh, agus gu'n toir e dhaibh eòlas nan nithean sin a tha e feumail dhaibh eòlas a bhi aca. "Ghairm mi càirdean dibh; oir na h-uile nithean a chuala mi o'm Athair, rinn mi aithnichte dhuibh-sa iad." Ma bu mhaith leat fhaotainn a mach, mata, a bheil thusa am measg càirdean Chriosd, ceasnaich thu féin feuch a bheil thu a' faotainn an t-soilleireachaidh so a thaobh nan nithean a bhuineas do rioghachd Dhe agus do'n t-saoghal neo-fhaicsinneach. Ma tha thu an diugh far an robh thu fichead bliadhna roimhe so, gun dol aon cheum air t' aghaidh ann an eòlas, no ann an creideamh, no ann an gliocas, is ion dhuit eagal a bhi ort nach 'eil thu 'g ad chumail féin ann an co-chomunn Chriosd.

Bho ar taobh-ne tha an càirdeas so a' ciallachadh gu'm feum sinn ùmhachd a thoirt d'ar Slànuighear. Sin an cùmhnan air an aidich e sinn mar a chàirdean, "Is sibhse mo chàirdean-sa ma ni sibh na nithean a tha mi ag aithneadh dhuibh." Tha Criod ag iarraidh dà ni shònruichte o shluagh, gràdh is ùmhachd; agus as eugmhais nan nithean sin cha bhi e riaraichte, eadhon ged a dheanadh iad an teanga tana a' moladh 'ainme anns na sràidean. Chan urrainn duine dearbhachd no comhfhurtachd a bhi aige a thaobh a sheasaimh an làthair Dhe, mur bheil a chasan agus a làmhan luath gu toil Dhé a dheanamh. "Rinn mi cabhag," ars' an salmadair, "chum t'aitheantan a choimhead."

## Dà sheòrsa ùmhachd.

Tha mùghadh mór eadar seirbhiseach agus caraid. Faodaidh e bhith nach 'eil anns an t-seirbhiseach ach *inneal* ann an làimh a Mhaighstir. Ni e an car a gheibh e r'a dheanamh, agus oibrichidh e na h-uairean, ach chan 'eil caidreamh no companas eadar e féin agus a Mhaighstir; chan fhosgail a Mhaighstir 'inntinn dha agus cha mhò a chuireas e a chomhairle ris. Chan e sin an dàimh fhuar a bu mhaith le Iosa a bhi eadar e féin agus a dheisciobuil; gheall e gu'm fosgladh e 'inntinn dhaibh, agus bu mhaith leis gu'n tuigeadh iad a rùintean. Chleachd e gach imleachd a ghabhadh chleachdadh gus dìomhaireachdan na rioghachd fhosgladh dhaibh, agus bu

mhaith leis gu'n tuigeadh iad uile na nithean a bha aige 's an amharc.

Tha dà sheòrsa ùmhachd ann a dh' fhaodar a thoirt do Dhia, ùmhachd mharbh agus ùmhachd bhed. Tha na reultan a' toirt ùmhachd dha, oir tha iad a' leantuinn an cùrsa anns na speuran gun dol leud na roinneig a null no null. Ach ma tha, chan 'eil ann an ùmhachd nan reultan ach ùmhachd mharbh, oir chan urrainn iad an corr a dheanamh. Ach tha e ann an comas mhic an duine roghainn a dheanamh co dhui a bheir e ùmhachd do Dhia no nach toir, air chor agus ma roghnaichneas e lagh Dhe a choimhead, gu bheil e 'g a dheanamh le saorsa a thoile, agus mar sin gu bheil 'ùmhachd bed. Sin an ùmhachd as toigh le Criod, ùmhachd bhed o dhaoine saor; o dhaoine air nach 'eil cuing air bith ach cuing a' chàirdeis agus a' ghráidh.

### Cumhachd Chriosd.

O bheatha nan abstol agus o bheatha mhiltean anns an là diugh tha e furasda gu leòir fhaicinn gu bheil cumhachd is eifeachd ann an càirdeas Chriosd nach 'eil ann an càirdeas eile air an t-saoghal. Ann an làithean fheòla dh' aithnich eadhon an naimhdean air cui'd de na h-abstoil *gu robh iad maille ri Iosa*. Gabhaidh sin aithneachadh air daoine an diugh cuideachd. Tha e a' deanamh nan uile nithean nuadh anns na cridheachan a ghabhas ris, agus a' cruth-atharrachadh nan daoine a ghluaiseas maille ris. Tha e a' deanamh maiseach is glòrmhor gach ni no neach ris am bean e. Eadhon ged nach beanadh duine ach ri iomall 'fhalluinn gheibh e beannachd air chor-eigin an cois a thigheann dlùth dha. Tha cui'd de dhaoine ann agus millidh an càirdeas ar beusan agus ar beatha, ma ni sinn càirdean dhiubh. Anns gach comunn anns am bi iad, tha iad mar a' ghaoth fhuar reòta a chrionas feur is fochann; is misd thu àileadh an analach fhaotainn. Ach tha daoine eile ann a tha mar bhùlachs caomhail na gréine no mar ghaoth bhog an earraich a bheir fàs is toradh; is fheàrrd thu a bhi 'n an comunn eadhon còig mionaidean, oir bheir iad dhuit cailìùr air son nan nithean a tha fior-ghlan agus ion-mholta. Sin, mata, a' bhuaidh a tha aig Criod thairis air a chàirdean. Dùisgidh e annta gaol nan nithean air a bheil gaol aige fèin.

### Droch chompanaich.

Ma tha e ceart dhuinn caraid maith a thaghadh tha e ceart dhuinn cuideachd càirdean dona a sheachnad. Tha móran de dhaoine òga a' gabhail a' cheud cheum ann an slighean ain-diadhaidh a chionn nach do

thagh iad an companaich gu cùramach. Nach mor an t-aobhar eagail a tha ann do phàrantan an uair a chi iad am mac, no gu sònruichte an nighean, a' deanamh companach de leithid Absolom. Ged bha Absolom maiseach 'n a phearsa cha robh ann ach diù nan gillean. B' fhada bho chéile e fèin agus 'athair. Ged bha fàilingean mora agus uamhasach ann an Daibhidh, bha cridhe ann, agus gràdh; chuireadh e e fèin mu'n cuairt air son dhaoine eile agus bha e 'n a charaid dileas is blàth. Bha Daibhidh 'n a dhuine bàigheil; an càirdeas a bha eadar e fèin agus Ionatan chaidh e os cionn gaol bhan. Ach cha robh bàigh no blàths ann an cridhe Absolom; bha a chridhe cho fuar 's a bha e cho dubh; chuir e a chompanaich uile air seachran cho maith ris fèin. Tha facal an Tighearn ag ràdh, gu'n sgríosar companach nan amadan, agus esan ata 'n a chompanach do luchd-craois, gu'n nàraich e 'athair. Nach sona, mata, na párrantan a chi an clann a' deanamh mar a rinn an salmadair; "is fear-comuinn mi," ars' esan, "dhaibh-san uile air am bi t' eagal, agus dhaibh-san a ghleidheas do reachdan."

### Iuchair a' ghráidh.

An uair a bhios sinn a' smuaineachadh air Iosa mar ar caraid agus ar bràthair cuimhnicheamaid cuideachd air na càirdean dlùth is dileas a bha aige ann an làithean fheòla, agus guidheamaid air Dia gu'n deanadh e sinne coltach riu anns a' ghaol a bha aca air Iosa; gu'n deanadh e coltach sinn ri Eoin a' Bhaistidh, a bha coma ged bhiodh e fèin air isleachadh na'm biodh Criod air àrdachadh; coltach ri Tomas a bha toileach dol maille ris gu bàs, agus coltach ri Eoin agus Muire, an dithis a fhuair cho dlùth dha, mar dhuis an gaol air. Tha iad ag ràdh gu bheil an gaol dall, ach an àite sin a bhi fior, is e an fhirinn gu bheil mile-sùil aig a' ghaol. B'e na càirdean a bu mhòtha gaol air Iosa a bu mhò a chunnaic d'a ghlòir. Bha Eoin air thoiseach air daoine eile ann an dliomhaireachd na diadhaidheachd a thuiginn, a chionn gu robh e air thoiseach orra ann an gràdh. Is maith an gloin-amhairs an gràdh gus nithean spioradail fhaicinn.

Ged nach b' aithne do Pol Iosa ann an làithean fheòla bha e 'na charaid cho dileas's a bha riamh aige. Agus air an làimh eile dh' fhiosraich Pol 'n a anam fèin càirdeas Iosa a cheart cho fior 's a b' aithne do Pheadar a chompanas ann an Galile, rud a tha dearbhadh dhuinn nach robh cothrom no sochair air bith aig na ceud dheisciobuil a thaobh càirdeas an t-Slànuigheir nach fhaod a bhi agamne. Faodaidh Criod a bhi *annainn*, agus sinne *annsan*, faodaidh ceangal cho

dlùth a bhi eadaruinn agus esan 's gur h-urrainn dhuinn a ràdh. "Tha mi air mo cheusadh maille ri Criod, gidheadh ata mi beò; ach cha mhise, ach Criod a ta beò annam; agus a' bheatha ata mi nis a' caitheamh 's an fheòil, tha mi 'g a caitheamh tre chreideamh Mhic Dhé, a ghràdhaich mi agus a thug e féin air mo shon."

### Companas Iosa.

*Is sibhse mo chàirdean-sa.* Nach b'e sin an t-urram, 'ga chuir air daoine peacach! Ach is e smior na firinn a tha ann, ràdh fior a tha airidh air gabhail ris, oir tha e air a dhaingeachadh le falal an Tighearna, agus cha duine Dia gu'n dean e breug. Ciod a' ghné ghràidh a thug an t-Athair dhuinne

gu'n goirteadh càirdean a mhic dhinn! Bu neon i truagh mar dhìol do'n ghràdh so, ar n-anam agus ar beatha a thabhairt dha mar bheò-ìobairt.

Tha Fear caomh ann thar nan uile ;  
O, meud a ghràidh !  
Thar gràdh bràth'r tha ghràdh-san duinne;  
O, meud a ghràidh !  
Faodaidh càch fàs umainn suarach,  
Tlàth an diugh 's am màireach gruamach;  
Annsan gheibh sinn gaol nach fuaraich;  
O, meud a ghràidh !

Iosa ! caraid nan naomh agus caraid nam peacach—ni a chompanas rathad fada goirid, agus rathad duilich réidh, agus a h-uile rathad sona.

## Daltachan a' chruaidh fhortain

*Leis an Urramach Iain Mac-a-Phearsain, an Tigh-an-uillt.*

BEAGAN làithean mu'n do dh'éigheadh an cogadh, deireadh an Fhoghair so chaidh, dh'fhàg na míltean de chloinn na bailtean móra mu dheas agus rinn iad air a' Ghàidhealtachd oir bha fhios aca gu'm biodh iad teàruinte 's a' cheann sin na'n tigeadh na soithichean-gaoithe aig Hitler a nall luchd-achte le sligean-millidh chum ar bailtean a sgrios.

'S ann air dà bhalach bheaga 'n am measg sin tha mise dol a sgriobhadh; b'e Dòmhnull aimm a' cheud fhir agus Alasdair ainm an fhir eile: bha iad eadar deich is dusan bliadhna dh'aois.

Nuair thàinig iad a dh' ionnsuidh Manse Ceann a' Ghàraidh ghabh am ministear 's a bhean beachd air mar bha na h-aodainn aca cho geal ris a' chailc, mar nach faigheadh iad gu leòr de'n bhainne bhlàth an tùs an òige.

Bha am ministear 'na dhuine còir truasail, agus cha robh a bhean bonn air dheireadh air. Thog iad féin teaghlaich, dà mhac is caileag, agus mar sin bha fhios aca ciamar bu choir dhaibh gabhail ri daltachan a' chruaidh fhortain a bha air ùr thighinn d' an ionnsuidh. Cha mhór gu robh tigh 's an sgìr, ma bha dad de mheudachd idir ann, nach d' fhuair clann aig an àm ud.

### Saoghal ùr.

Nuair ghabh iad greim de bhiadh math blàth, bho 'n bha latha math ann, chaidh am ministear sràid a mach mu'n cuairt leò. Cha deach an dà bheul còmhla fad na tide ach a' feòraich cheisdean dheth mu'n rud ud agus mu'n rud ud eile, oir bha a h-uile nì mu'n cuairt cho ùr dhaibh agus annas aca de gach nì. Dh'fhàg iad am baile mór le thogail àrda 's le shràidean còmhnaid as

an déidh 's bha iad a nis air an dùthach far an robh enuic is creagan, easan is uillt, eòin is beathaichean, is cuileagan, nach faca iad riagh roimhe.

Bha am ministear a' dol 'g an treòrachadh gu cnoc àrd far am faigheadh iad sealladh fada réidh air an dùthach mu'n cuairt orra, ach chuimhnich e gu'n d' fhàg e a' phìob 's an tombaca air an dasc aige. Dh'iarra e orra deanamh air a' chnoc mhór a sheall e dhaibh agus fuireach an sin gus an ruigeadh esan; gu robh e a' dol air ais do'n Mhanse, ach nach biodh e ro fhada.

Bha na craobhan aig an àm ud de'n bhliadhna 'n an làn mhaise 's na meangan aca a' lùbadh le truimead an duillich. Bha craobhan móra àluinn a' fàs mu'n Mhanse, agus smuanich Dòmhnull, an gille bu shine, gu'm bu ghasda stread suas ann an dlùths nam meangan mar bhiodh e a' stread ris na staidhríchean anns na clousachan air Rathad Phaislig.

### A' chuileag bhòidheach.

Cha do dhùrich e fada nuair chunnaic e cuileag mhór bhòidheach, crios òrbhuidh m'a meadhon agus srann aice mar gu'm biodh seillean ann. Ghabh e beachd oirre greis bheag agus thug e an aire gu'n deach i a steach ann an eòs mór cruinn uibhir ri ball coise a bha an crochadh ri meangan direach os a chionn. "Cha chreib mi féin nach e ball sioda tha'n so, Alasdair," ars esan, "ach chan fhada gu uair fhios," agus e cur a stigh a láimhe ann. Mu'n canadh tu "bodach teth" bha na míltean de na cuileagan móra 'na chraigs is iad 'g a lot gu h-olc. Bho nach robh air ach briogais fharsuinn, ghoirid, chaidh iad suas 'na broinn

is lot iad e gu ruige na màsan. Thuit e 'na għlag air an lär ach a dh'aindeoin sin cha d'fħaq na cuileagan e, is fhuair am fear a bha gu h-losal a lot cuideachd, ged bha e neochiantach.

Rinn iad air a' Mhanse le chéile, agus ràn-bhàis 'n am beul. Choinnich am minister iad 's an dorus a muigh, is cha robb fhios aige air an t-saogħal dé bha ceàrr, ach nuair fhuair iad an anail is eoħrom bruidhinn thuig e gur iad na speachan a bha 'g an oileanachadh. Chuir e féin agus a bhean bhinicir air na lotan aca is thug e rabhadh teann dhaibh gun ghnothuch a bhi aca ri ni no neach air nach robb iad mion-eolach, ge b'e cho bòidheach 's 'g am biodeh e. Ma bha iad bàñ a' dol a mach bha iad dearg gu leòr a' tighinn a steach.

\* \* \* \*

An ath Di-dòmhnaich dh'innis am minister an sgeul a dh'innis mise mar tha, agus thuriert e "tha mi ciinnteach gu bheil cuid agaibh an so an diugh a their gun mhóran smuaineachadh nach d' fhuair na gillean ni ach na thoill iad, ach bu mhiann leam gu'n sealladh sibh air a' chūis ann an dòigh eile. 'S e b' aobhar gu'n do dh'éirich cho olc do na gillean gu robb iad air an aineol, agus a h-uile ni cho ùr dhaibh, agus cha do smuainich iad riāmh gu robb gath ann an creutairean a bha cho bòidheach ris na speachan. Shaoil iad gur e cuileagan a bha aca a bha a' còmhnuidh ann am pàilliun siòda.

Nach ann mar sin a tha am peacadh a' faotainn greim air iomadh duine; tha e glé thric cho breagħa air an taobh a mach is tha an duine dol 'na dhàil gun mhóran smuaineachaidh, agus mu bheil e tighinn chuige féin tha a chall deanta, is faodaidh e blith gu'm fàg e làrach air gu latha a bhàis.

### An riochd aingil.

Na'n tigeadh an Donas a dh'ionnsuidh dhaoine le adhaircean air, agus a' beucail gu h-oillteil, theicheadh iad luath gu leòr as an rathad air, ach chan ann mar sin a tha; thig e cho breagħa is cho ciùin; bidh a chainnt cho milis; cha għabb eadhom an leanabh beag eagħal roimhe. Nach 'eil e air innse dhuinn anns an Fħirinn gu'n cuir se e féin ann an riochd aingil soillse.

Nach tric a tha daoine air am mealladh le nithean tha bòidheach gealltanach air an taobh a mach. Bho chionn għoġrid bha tuathanach aig margadħiż ann am baile-mór. Reic e chuid bheathaichean 's bha e deas

gu falbh dhachaidh nuair thachair air duine bruidhneach gasda air dheagh chur uime, 's dh'fheðraich e dheth an robb margadħiż math ann. Thuijt an tuathanach gu'm faodadh e blith móran na b'fheàrr, nach robb tuathanach ach air an droch għiollachd; gu robb iad a' briseadh an eridhe is glé bheag aca air a shon.

Thuijt am fear gasda gu robb e féin glé dhuiħiħ air a shon ach na'n gabħadħ e a chomħairle-san gu'm faigheadd e airgiod gu leòr gun obair idir 's gu'm biodeh e a' siubhal feadħ na dùtħcha ann an càr 'n a dhuu-usal. Chuir e an ire do'n tuathanach gu robb e suas ri luchd-réisidh agus gu robb fhios roimh lāimh aige eò na h-eich bu luaithe, agus mar sin gu robb a soirbheachadh leis gu math, 's gu'n leigeadh e fhaicinn dhasan mar bha an għnothuch ag oibreachadh na'n tugadħ e dha *not*. Rinn an tuathanach mar dh'iarradh air 's dh'fhalhb am fear eile leatha, 's bha e air ais an ceann dà uair an uaireadair is shin e sia notaichean dha an àite na h-acin té.

Chuir sin fonn math air an tuathanach, oir bha e an dūl gu robb aran fuinte 's nach cuireadh an saogħal ċurram tuille air. Thug e ceud *not* an ath uair do'n flear nach b' aithne dha 's dh' aontaich iad coinneachadh an àite āraidiż ann an ceann dà uair a thidé. Rinn an tuathanach so, ach ged dh'fheithedħ e fathast cha tigeadh am fear eile. Bha an duine truagh air a mhealladħ. A chionn gu robb an duine bruidhneach 's air dheagh chur uime cha do shaoil e gur e cealgair a bha ann.

### Feum air fear-iħiil.

Nuair tha duine dol an dàil ni tha ùr dha tha e fuemail dha seċċadħ fhaotainn bho neach a tha eòlach chum gu'm bi fhios aige ciod is coir dha a dheanamh. Ciod am feum a bhiodh ann an sgiobair bata mur b' aithne dha cùrsa ceart a leagail?

Aig an àm so dlùth air na cladaichean agaġġiñn féin tha aitean āraidiż ann far am bheil na mlitean de mhéinean air an cur air son dragh is call a chur air an nàmhaid. Nuair thig sgiobair a tha aineolach air na dearbħ aitean sin an rathad feumaidh e fear-iħiil a thoirt air bòrd a bheir am bata gu cala réidh; mur dean e sin tha e a' gabħail a bheatha féin is beatha na bheil air bòrd aige 'na lāimh.

Tha fear-iħiil agaġġne air slighe na beatha; ma leanas sinn e cha tuislich sinn agus cha dejan Satan ar lot. Bha e féin air a bhuaireadħ, ach cha do ghéill e. Ann an latha a' bhuaireidh mata bidh tu teāruinte ma dh' earbas tu thu féin ris.

# Mìneachadh air Philip. II, 6-8

*Le Calum MacGilleathain, M.A.*

“ Neach air bhi dha ann an cruth Dhé, nach do mheas e ‘n a reubainn e féin a bhi comhionann ri Dia: ach chuir se e féin ann an dímeas, a’ gabhail air féin cruth seirbhisich, air a dheanamh ann an coslas dhaoine: agus air dha bhi air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh’ irioslaich se e féin, agus bha e umhail gu bàs, eadhon bàs a’ chroinn-cheusaidh.”

ANNS a’ chuibhrionn so de ‘n fhìrinn tha aon de fhocail mhóra na firinne againn, agus tha am focal móir so a’ leum a mach o chridhe duine a tha a’ sparradh ceuman dleasdanais air daoine eile. Agus sin mar a tha focail mhóra na Beatha aig Pòl gu minic. Is ann direach mar sin, agus e a’ sparradh dleasdanais na fialaidheachd agus an tabhartais, a sgríobh e an àite eile, “ Is aithne dhuibh gràs an Tighearna Iosa Criod, ged a bha e saoibhir gidheadh gu’n d’ rinneadh bochd e air ‘ur son-se, chum gu’m biodh sibhse saoibhir tre a bhochdainn-san.” Is ann mar sin a tha e a’ cur eisimpleir Chriosd air beulaibh nam Philipianach, agus a’ feuchainn daibh ciod a bha fior a thaobh an Tighearna. “ Uime sin biodh an inntinn cheudna annaibh-se a bha ann an Iosa Criod, neach air bhith dha an cruth Dhé—.” Agus is iad na dleasdanais àraidhe a bha e a’ sparradh orra-san, na Philipianaich, aonachd ghràdhach, bhràithreil, agus irioslachd inntinne a chuireas eadar duine agus fhéinealachd féin; “ Na deanar aon nì tre chonnsport, no tre ghlòir dhiomhain, ach ann an irioslachd inntinne measadh gach aon gur feàrr neach eile na e féin: na seallaibh gach aon air na nithean sin a bhuineas da féin, ach gach aon air na nithean a bhuineas do dhaoine eile mar an ceudna. Uime sin biodh an inntinn cheudna annaibhse a bha ann an Iosa Criod.

## Teagast Chriosd.

So teagast Spiorad an Tighearna, agus an dearbh theagast a bha aige féin an làithibh na feòla. Ma bhos sibh féineil agus ma bhos sibh gu maith do bhur cuid féin, ciod am barrachd a tha agaibh? Nach e sin fior nàdur agus fior chleas an t-saoghal? Ach gràdhachibh-se blur naimhdean agus dean-aibh maith dhaibh-san a tha ‘g ‘ur eràdh. Sin am barrachd a chruth-atharraicheas an saoghal; agus sin am barrachd a thaisbeanas agus a dhearbas gur sibh mic Dhé; oir is e nàdur Dhé bhi maith do na h-uile; tha grian Dhé a’ dealradh air a’ mhaith agus air an ole, agus tha frasan Dhé a’ tuitean araoan air fearann an duine cheairt agus air fearann an duine mhì-cheairt.

Tha facial aca ’s a’ Bheurla, gu bheil an Diabhol maith d’a chuid fhéin, agus chan eil fhios agam dé am maitheas a tha ‘n a

mhaiteas; ach is e tha fior mu Dhia gu bheil e maith do na h-uile! Agus sin, a nis, ceum agus dleasdanas a’ Chriosduidh, agus Criodsalachd gu h-iomlan. Agus a réir an abstoil sin mar a bha Criod e féin. Sin inntinn Chriosd. Bha Criod gu maith do Iudas; agus nì a b’iongantaiche le Pòl na sin bha e gu maith do Phòl, “ Ghràdhach e mise agus thug se e féin air mo shon.” Sin barrachd Dhé anns an duine Iosa; agus sin Dia ann an Iosa Criod.

I. “ *An cruth Dhe.*” Bha na h-aobhair aig Chriosd a bhi móir. Co dha a bhuineadh glòir agus urram agus móráchd cosmhul ris? Anns a’ cheud sealladh a bha aig Pòl air Criod an so tha e aige agus crùn Dhé air. Arsa Eoin, “ Anns an toiseach bha am Focal, agus bha am Focal maille ri Dia, agus b’e am Focal Dia.” Tha am facial so *cruth* e féin làn brigh an so. Is e nì buan a tha ‘s a’ chruth so, chan e nì ùr ach nì bha ann o chian. Bith bhuan a tha ‘s a’ *chruth* so. An cruth Dhé, sin Dia ‘n a bhith-bhuantachd. Agus sin, a ris, beachd an Tighearna air fhéin, “ mu’n robh Maois idir ann *tha mise*.” Agus fòghnaidh duinne so, bha an Tighearna ag iarraidh air son a dheisciobuil féin gu’m faiceadh iad a’ ghlòir, à’ ghlòir a bha aige maille ri Dia mu’n do leagadh bunaitean an domhainn. Bhà Criod Mór, agus chan e sin uile e, ach thà e mór an còmhnuidh; chan eil leagadh no beagadh air móráchd an Tì Naoimh. Tha e mar sin a ghàthann ann féin agus dheth féin. Ach, arsa Pòl, “ cha do mheas e ‘n a reubainn e féin a bhi comhionann ri Dia.”

Agus so mineachadh air na briathran sin. Cha do ghreimich e ris a’ chliù sin mar a ghreimicheas an gaduiche no an creachadair ris a’ chreich. Is e cleachdadh a’ ghaduiche, agus cleachdadh a h-uile duine saoghalta eile cho maith ris, gu’m bidh na h-innean cruaidh an sàs ‘n a chuid. Chan ann gun fhios cia mar a bheirear as a làmhan e. Cha dealaich e ris. Cha dealaich e idir idir ris. Ach cha b’e sin do Chriosd. Dhealaich esan ris an àird a bhuiheadh dha féin. Arsa an t-abstol, an àite eile, dh’fhalamhaich se e fhéin. Dh’fhàg se e féin lom. Arsa an t-abstol, “ rinneadh bochd e.” Rinn se e féin bochd. “ Rinneadh am Focal na fheòil.”

II. "An coslas dhaoine." Tha am facial so *coslas* a' comh-fhreagairt do'n fhacal *cruth* mar a ta am facial *Dia* a' comh-fhreagairt do'n fhacal *daoine*. Agus dìreach mar a tha *Dia* àrd os cionn *dhaoine* tha *cruth* àrd os cionn *coslas*. Chan 'eil ann an *coslas* ach nì neo-bhuan; nì diomain; nì tha ann air son seal. Sin cliù beatha an duine air an talamh. Ciod e bhur beatha? Ceò nam beann! Feur na machrach; deatach! Ciod e an saoghal fein? *Coslas*, tha an fhìrinn ag ràdh, nì do nach 'eil siorruidheachd air a gealltainn. An coimeas ri beatha duine tha an saoghal fada gun teagamh. "Tha àl a' dol agus àl a' tighinn; ach mairidh an talamh gu bràth." Cha mhair gu siorruidh. Chan 'eil 's na briathran sin ach coimeas eadar dhà *choslas*.

Ach a' bruidheann air *coslas* so an t-saoghal a tha dol as an t-sealladh is e tha luchd-mineachaидh an euid a' toirt as gur e *coslas* an t-saoghal an saoghal a tha aig *daoine* dheth air an talamh agus nach e an talamh e fein, no an cruinne e fein; agus tha feum againn air a bhi cumail eadar-dhealachadh a tha eadar na nithean sin 'n ar cuimhne.

Ach is e tha aig an abstol gu cruinne cothrom an so daonnachd Chriosd. O bhi anns na h-àrdaibh maille ri *Dia* agus compàirt aige de nàdur agus de bhith-bhuantachd na diadhachd thàinig a cho iosal ris an talamh agus b' esan, a nis, Iosa o Nasaret. Ach cuimhnich cha do rinn sin beag e ann fein; ged tha an *coslas* beag agus a shaoghal a nis beag. Chan iongnadh ged chuireadh sin iongnadh air Pàdrug Grannd.

"An tì bha ann o shiorruidheachd  
A' fàs na chòochran truagh."

Bu cheum na h-irioslachd e. Thuirt an ceannard-ceud, "chan airidh mise air gu'n tigeadh tu dha mo thigh." Bu mhodh dha a ràdh; ach cha d' thuirt e riamh na b' fhìrinniche. Cha b' airidh an saoghal air, agus cha b'airidh an cinne-daonna air. Ach sin far a bheil gràs an Tighearna, maitheas an Tighearna; agus sin an inntinn a bha ann an Chriosd.

III. "Cruth Seirbhisich." Tha sinn a nis air ais, a ris, aig an fhacal *cruth*. Car son a tha am facial so air a chleachdadh comh-cheangailte ri seirbhiseach? Agus an seòrsach seirbhisich, duine a bha air a thoirt suas gu h-iomlan do sheirbhis, agus e air a ghlacadh bòd aice. Theagamh gu'n robh dà nì a' leum cuideachd aig an abstol; agus, a ris, is dòcha leam gu bheil comh-fhreagradh seaghannan eadar *coslas* agus *cruth*, agus eadar *daoine* agus seirbhiseach. Tha fhios

againn gu bheil an t-abstol Pòl gu minic cho làn agus cho lionta leis an fhìrinn a tha aige agus nach ruig a chainnt oirre gu ro-fharsuinn. Is e sin ri ràdh, tha barrachd mór air cùl gach facail de bhrìgh air na tha am facial comasach air a chur an céill dheth fein. Agus saoilidh mi gu bheil dà nì air aire an abstoil, agus an dà fhacal so aige, dà nì mhór chudhromach. Air tús tha fior dhaonnachd Chriosd 'g a dhaingneachadh aige. Leis an fhìrinn so fhàgail crochte ri *coslas* nach biadh e cunnartach gu'n canadh *daoine* eile gu'n d' thuirt Pòl nach bu duine (no fior dhuine) Chriosd, nach robh ann ach *coslas* duine? Agus tha an t-abstol 'g a chur thar gach teagamh, agus tha *cruth* aige air a chùl a' nochdadh dhuinn gu'n robh fior nàdur na daonnachd aig an Tighearna. "An duine Iosa Chriosd." Chan e nì nach robh riamh roimhe ann a ghlac se chuige fein ach *cruth* mar dhuine. Agus tha sin a' cur an urraim air fhéin an ceum na h-irioslachd: cha b' e coltas an nì a bha ann ach nì a cheart da rìribh, seadh *duine*, agus fior dhuine leis an fhior dhaonnachd choitchionn (ach as eugmhais peacaidh). Agus 's e an dara nì nach e mhàin gu'n robh *Dia* mar sin 'n a dhuine ach gu'n do thogair e bhith 'n a dhuine de 'n t-seòrsa is lugha air a bheil urram air an talamh.

C' àite a nis a bheil t' uaill, a Mhic an Philipianaich? A chùis smaoinich! Na 'm bu rìgh bu rud-eigin; na 'm b' uachdaran bu rud-eigin; ach seirbhiseach de 'n t-seòrsa a bha cho bochd agus nach robh còir aca air sòn!

Tha inbhean am measg dhaoine. Tha e's an duine, gu nàdurra, bhi dol thar a nàbuidh. Feuch, an diugh, an cogadh; agus feuch, an diugh, na carrachan-cuimhne 's a' chladh! "Is e bhith dhiubh," arsa Aonghas nam Beann; ach is e bhith mór, arsa a h-uile Aonghas! Is iomadh smuain a tha againn an so agus a bhitheas. Tha so ann, chuir an seirbhiseach so nì 'n ar tuigse nach 'eil e furasda do 'n t-saoghal le a mheud-mhòir a thoirt aside; nach e dreuchd, no cranchur, no suidheachadh, duine; agus nach ionann iad is gràdh, coibhneas, maitheas, macantas, irioslachd, uaisle; nach ionann iad agus inntinn an Tighearna. Is ann 's an inntinn a tha an duine, agus 's a' chridhe. Biadh an seirbhiseach os cionn nan uile! Is e am fear is mò a nì de mhaith am fear is feàrr; agus is e an seirbhiseach mór am fiùghalach. Bha an Tighearn iriosal agus bha e umhail. "Dh'irioslaich se e fein, agus bha e umhail gu bàs, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh. "Uime sin biadh an inntinn cheudna annaibhse."

## Aig an Uinneig

### An t-Urramach Eachann Camshron.

BHA móran dhaoine air feadh na Gàidhealtachd uile, agus gu sònraichte an sioramachd Earra-Ghàidheal, duilich a chluinntinn gu'n do shiubhail Eachann Camshron, ministear na Moighe, air a' mhìos a chaidh seachad. Ged nach robh e gu maith o' chiomh bliadhna cha do chaill e fhéin no daoine eile dòchas gu 'n rachadh e na b' fheàrr, ach an àite feabhas thàinig naidheachd a bhàis. Bha e tri fichead bliadhna dh' aois.

Rugadh e ann an Tiriodh an 1880; bha e air oilceanachadh an Oilthigh Glaschu; bliadhna 'n a fhear-cuideachaidh an eaglais-Chalum Cille, an Glaschu; air a shuidheachadh an Cumlodden, an Cléir Ionar Aora, an 1907. A Cumlodden chaidh e do Chill Mhàrtainn an 1912; á Cill Mhàrtainn chaidh e do'n Oban, agus as an Oban do sgir na Moighe, an Cléir Ionar Nis.

Ach b'e an t-Oban an t-àite air am b' fheàrr a bha e a' freagairt agus a b' fheàrr a bha a' freagairt air, oir a mach o Chòrناig far an do thogadh e, cha robh àite eile (mur robh Glaschu) anns am faigheadh e uiread chompanach aig an robh uidh anns na nithean anns an robh inntinn agus a chridhe féin, Gaidhlig agus bàrdachd agus comunn dhaoine seanchasach. Bu toigh leis cuid-eachd; bha cur-a-mach ann fhéin ann an cuideachd, agus cha do thachair duine riaghorm aig an robh uiread naidheachdan àbhachac mu fhacail neònach a chual e, agus mu dhaoine neònach a b' aithne dha. Bha cuimhne mhaith aige, agus gean-maith d'a cho-chreutairean, is cha robh crón, no gó, no mi-rùn, 'n a sheanchas no 'n a nàdur.

Bha e gaolach air obair nam bàrd; chruinnich e obair nam bàrd Thiristeach ann an leabhar mór tiugh o chionn bhiadhnanachan, ach tharruing e a steach d'a lion droch éisg nach b' fhiach an cur ann an soitheach, agus a b' fheàrr dha fhágail anns a' chladach aig na faoileannan. Tha barrachd a dh' anail na bàrdachd anns na dàin a rinn e fhéin na tha ann am móran de 'n ranntaireachd a chruinnich e chó cùramach. Ach cha robh duine eile a bhuiねadh do'n eilean a b' urrainn an cruinneachadh ud a dheanamh cho maith ris.

Chuir e fhéin agus Eachann Dùghallach a mach leabhar beag mu Cholla agus mu Thiriodh, leabhar a bhios luchd-turuis do na h-eileanan sin taingeil air a shon.

Bha Eachann Camshron 'n a dhuine laghach sìtheil; ged nach robh a bhodhaig riaghmàth làidir chuir e seachad na bliadhna chan a b' fheàrr d'a bheatha ann an eaglais anns an robh obair anabarrach trom, seann eaglais an Obain, ach ged a bha gu leòir aige ri dheanamh 'n a choimhthional fhéin cha b' ann doicheadh a bhitheadh e an uair a ruigeadh daoine nach buineadh dha agus nach b' aithne dha a dhorus a dh' iarrайдh air sud no so a dheanamh air an son; baisteadh, no pòsadh, no tiòdhlacadh.

Dh' fhág e bantrach agus còignear de theaghlich; ceithir mic agus nighean.

### An dealbh ionraic

*(Tha na rannan so air an cur anns an àireamh so mar chuimhneachan air an fhear a rinn iad mu eilean a ghràidh, an t-Urramach Eachann Camshron nach maireann.)*

An teampull diòmhair balbh mo smuain  
Tha dealbh os cionn na h-altrach  
Ri 'n tog mo chrìdh' an ùrnuiigh bhuan  
Gach uair bhios mi an gainntear  
'N a dhaitean àigh tha muir is tràigh  
An àilleachd thlachdmhor, gheannnmhor;  
Tha eòin air sgeith; 's a' mhachair spréidh,  
'S an àl a' leum le annsachd.

Gach uair do'n t-saogh'l bheir mi mo chùl  
Gu dol do chuit na páilliun,  
O'n altair seallaich mi a suas  
Gu dealbh mo luaidh as àirde;  
Mo chridhe trom gu'n dùisg gu fonn,  
Gach feart am chom ni gàire—  
Measg chàirdean 's chompanach as ùr,  
'S iad fiùghail, mùirneach, failteil.

Tìr mo ghaoil a rìs fo m' bhonn,  
Gach muir is fonn cho òirdhearc,  
Air bheagan cùram 'ruith mo chùrs'  
An neart 's an sunnd na h-òige;  
Ach dùisgidh mi á neul na sìth,  
'S mi fad o m' thir is m' èolais,  
Gu iomaire spàirn an t-saoghal gun bhàigh  
Le charraid bhàsmhor, leónaichd.

Ach mar phlathaidhean de'n ghréin  
An dùdlachd bhreun a' gheamhraidih,  
A' cur an cuimhn' na bheil 's a chré  
Nan làithean éibhinn samhraidih;  
Mar sin thig dòchas dhomh as ùr,  
Ge dùinte bhios mo theanntachd;  
Thig misneach, treuntachd, agus mùirn,  
Nuair thig gu m' chuimhn' na b' anns' leam.

# Cumha air Ailean MacLeòid, am Beàrnaraidh na Hearadh

*Le Eachann MacFhionghuin, bàrd an eilein.*

Gu bheil Beàrnaraidh gu túrsach  
 'S e ri ionndrainn MhicLeòid,  
 An fhianuis làdir bha cluïiteach  
 'S ann 'n a ghiùlan 'na dhoigh,  
 'S tha na cairdean bha dlùth dha  
 'S tric an sùilean fo dheoir,  
 Bho nach cluinn iad a bhriathran  
 Anns an fhion-lios ni's mó.

Fhuair thu aiseag bha siothchail  
 Dh'ionnsuidh Fìon-lios a b' àird  
 Do'n a' chomunn tha siorruidh  
 Far 'n do mhiannaich thu tàmh,  
 Leis an trusgan glan oirdhearc  
 Ni do chòmhachd gu lär,  
 Culaidh rioghaill na glòire  
 Chunnaic Eoin i air càch.

Tha sinn brònach 'g ad ionndrainn  
 'Caoiðh nan tìrnuighean blàth,  
 A bha taitneach is drùidh-teach  
 'Cur do chùisean 'n a làth'r,  
 Fhuair thu gibhteán bha sònraicht  
 'Cur an òrdugh do dhàin  
 Rinn do bhriathran cho maiseach  
 Air an sailleadh le gràs.

Thu mar gheug anns an fhionain  
 A bha ciatach fo bhlàth,  
 'Giùlan toradh gach bliadhna  
 Cha b' e crionadh ach fàs,  
 Cha do chaill thu na fhuair thu  
 Rinn thu luaidh air 'n ad' là,  
 Leis an tàlant bha luachmhor  
 'S ann a bhuanach thu dhà.

Tha thu nis anns an Aros  
 Leis na bràithrean chaidh bhuainn,  
 Anns an dachaidh tha glòrmhor  
 Aite còmhnuidh a shluaign,  
 Cha d'tig sgleò air do léirsinn  
 'S cha d'tig deur air do ghruaidh,  
 'S chaidh do chlàrsach a ghleusadh  
 'Seinn laoidh eibhinn an Uain.

Chan e saoghal thug duais dhuit  
 'N a do thuarasdal ard,  
 Ach an Ti anns do għluais thu  
 'S a għabb truas dhiot is bāigh,  
 Chum E suas thu an còmhnaidh  
 Le do lòchran bha làn  
 Gus an deach thu thaor Iordan  
 Steach do shòlas a għräidh.

Gu bheil Beàrnaraidh 'g ad ionndrainn  
 Tigh na h-ġurnuigh 's an sluagh,  
 Chaill i rionnag bha müireach  
 Għabb a cùrsa nis uainn,  
 Bho nach faic sinn an t' aodann  
 Air an taobh so de'n uaigh  
 Bha le maise na naomhachd  
 'Nuair a b' aomħor do shnuadh.

Gu 'm bi iomradh is cuimhne  
 Air an fhírean gu bràth,  
 Bithidh an cliu-san ri innse  
 Do gach linn agus àl.  
 Bithidh an teisteas mar dhileab  
 Air a sgrìobhadh air clàr,  
 'S gu robh Ailean MacLeòid dhiubh  
 Air 'n do thòisich mo dhàn.

## Achan an Deoraidh

*Leis an Urramach Coinneach MacLeòid, D.D.*

Tha càch a' triall d' an àros féin  
 Mar dh' iarras eun d' a chòs ;  
 Am fàrdaichean 'nan saoghal-céin,  
 Gun bhlàth 'na għréin do 'n Deòr,  
 Gun toman fraoich an sìn e thaobh,  
 Gun bhraon a ni e òl—

An ceòl tha togail inntinn chàich  
 A' giùlan dà-san bròin.

Cò dh' ionnsuidh thig mi 's mi fo leòn  
 Ach dh' ionnsuidh Teò-Mhic Dhe ?  
 Bha Thus' ad dheòraidh iomadh bliadhna'  
 Ag iargain fior-uisg Nèimh ;  
 Ad għairdean sheunadh mi 'na m' òig,  
 Is fhuair mi còir do threud—

'S ge tric bha gràinealachd am lòn,  
 Tha blas do phòig' am bheul.

Cùm teagasg m' òige għnàth fo m' shùl,  
 Mar shruthan-itil 's a' cheò,  
 Is tìrnuighean mo shluaign am cheum,  
 A réir gach feum a chrò ;  
 Biodh għàir do chuain a chaoihd am chluais,  
 'G am nuallan thun do Għlòir—  
 Is long nam miann 'g am fheitheamh  
 siar,  
 'S an lionadh anns an òb.



## A' Ghucag shearbh

*Chuidich gach fear a choimhearsnach, agus thubhairt e r'a bhràthair, Bi misneachail.—Isaiah XLI., 6.*

ANNS na làithean so, ged bhios sinn uile an geall air an naidheachd mu dheireadh as an Fhraing fhaotainn o'n Radio no o'n phaipearnaidheachd, chan e' guth an Radio no briathran a' phaipear-naidheachd a bhios a' seinn 'n ar cluasan agus 'n ar eridheachan an uair a bhios sinn leinn fhéin, ach guth a' Bhiobuill agus briathran an t-Salmadair agus nam faidhean . . . "Is iad mo dheòir as biadh dhomh a là agus a dh' oidhche, an uair a theirear rium, C' àite a bheil do Dhia ?" . . . "Nochd thu do d' shluagh nithean cruaidh; thug thu oirnn fion a' bhuaireis òl." . . . "Dhearrbh thu sinn a Dhe 's an teine mar a għlanar airgiod; thug thu steach 's an lòn sinn; chuir thu teine air ar leasraidi; thug thu air daoine marcachd thar ar cinn; chaith sinn troimh theine agus troimh uisge."

Chan 'eil teagamh air bith nach 'eil breitheanas Dhe air an talamh an diugh. Is e so aon de làithean Mhic an duine; làithean sòluimte agus làithean cunnartach; làithean anns a bheil e air a' mheidh co dhiubh a bheir an saoghal leum ùr air aghaidh, no thuiteas e air ais mile bliadhna. Mar sin bu chòir dhuinn uile a bhi ag tòrnúigh gun sgur agus ag oibreachadh gun sgur, ag tòrnúigh gu 'm bi Breatainn onorach agus uasal a thaobh nan ruinteán a tha aice anns a' chogadh, agus gu 'm bi a cridhe làdir agus misneachail.

"Na bitheadh eagal ort, oir tha mise maille riut; na bitheadh geilt ort oir is mise do Dhia; neartaichidh mi thu; seadh euidichidh mi thu; seadh cumaidh mi suas thu le deas làimh m' fhireantachd." Chan fhaod sinn an gealladh so á Facal an Tighearna a thagar dhuinn fhéin mur bheil sinn onorach a thaobh na crìche a tha 's an amhare againn anns a' chogadh; nach e fuath no farmad ris a' Ghearmailt a thug oirnn éirigh 'n a h-aghaidh, ach eud air son ceartais, agus corruiach an aghaidh an làmhachais-làidir a rinn i air rioghachdan beaga, agus a bha i a' maoidheadh air a h-uile dùthaich a bha anns an Rathad Oirre.

Tha bàigh aig a h-uile duine ri dhùthaich fhéin, ach chan e a' bhàigh a tha againne ri ar dùthaich a mhàin a tha toirt oirnn a chreidsinn gu bheil sinn a' toirt géill do thoil agus do lagh Dhe ann a bhi seasamh an

aghaidh na Gearmailte; tha coguis an t-saoghal uile 'n a h-aghaidh, agus chan 'eil rioghachd bheag no inhór anns an t-saoghal nach 'eil 'ga dìteadh ach a mhàin an fheadhainn a tha ann an co-bheinn rithe anns an olc. Ged tha eagal aca roimhpe tha iad a' deanamh tàir oirre 'n an eridhe.

Mur bheil misneach ri fhaotainn anns na làithean so o na paipearan-naidheachd cha ruig thu leas a bhi gun dòchas ma leughas tu am Biobull, gu sòrraichte na Saiml, no ma mheòmhraicreas tu air eachdraidh an t-saoghal, oir tha iad le chéile a' togail fianuis nach soibhich le neach, no le rioghachd, no le innleachd, a tha dol an aghaidh rioghachd Dhe. Bha na faidhean ann an Israel agus na naoimh anns a h-uile linn a' creidsinn sin eadhon 'nuair a bhiodh iongadhorr a nach robh Dia a' sgríos an aingidh. Ach tha faidhidinn aig Dia agus leigidh e leis an aingidh e féin a sgríos. Chuir e buadhan agus cumhachdan iocshlainteach ann am beatha mhic an duine, agus ann an aoraibh a' Chruthachaidh, a chuireas casg air an olc ri ùine daonnan.

B' uaibhreach agus bu làidir Pharaoh, agus Alasdair Uaibhreach, agus Nebuchadnesar, agus Napoleon, daoine a mhaoidh euid mhaith de 'n t-saoghal a chur fo 'n casan, ach chan e mhàin gu robh dubhan air a chur 'n an sròin, agus crìoch air a chur air an àrdan agus air an lamhachas-làidir, ach thionndaidh Dia an t-olc a rinn iad chum buannachd an t-saoghal. Thug Hitler gu maith neart agus cumhachd Czecko-Slovakia agus Phólaind agus Bhelgium agus na h-Olaind, ach cha do thuig e neart agus cumhachd an De bheò, no neart agus cumhachd an spioraid a tha ann an daoine aig a bheil gaol air ceartas, agus firinn, agus saorsa. Faodaidh e dùthchannan a sgríos agus cuirp mhuiileanan de dhaoine a sgríos leis na h-innealan-marbhaidh a dhealbh e agus a dh' ullaich e air son a' chogaidh so, ach mur bris e spiorad Bhreatuinn bithidh a shaothair gun tairbhe dha, ged nach bi i gun näire dha. Léighsidh creuchdan a' chuirp ri ùine ma dh' fhanas an spiorad beò.

Chan ann le call dhaoine, no le call ghunnachan, no le call acfhuinne, a mhillear rioghachd, ach le call misnich. Gun mhisneach, no gun chreideamh làidir gu

bheil Dia leinn a chionn gu bheil sinn a' seasamh na còrach, chan urrainn dhuinn teas agus uallach a' chogaidh uamhasaich so a ghiùlan. Tha làithean cruaidh air thoiseach oirnn, làithean a chuireas dearbhadh air ar dìlseachd agus air ar misnich agus air ar seasmhachd. Chan 'eil teagamh air bith aig daoine a nis gur ann aig a' Ghearmailt a tha an t-arm as làidire air an t-saoghal, agus is eùis-eagail an t-arm sin a bhi ann an làimh agus fo òrdugh duine anns nach 'eil rian no coguis; duine nach urrainnean fhacal a chreidsinn; duine a chuir as d'a chompanaich fhéin mar gu'n cuireadh e as do radain; duine aig nach 'eil ach aon fhreagairt do 'n h-uile ceist a tha ag éirigh ann an riaghlaidh an t-saoghail, a bhi a' maoidheadh air rioghachd air bith nach seas as an rathad agus nach leig leis a' Ghearmailt a toil fhéin a dheanamh; agus duine aig a bheil uiread gráin air Breatunn's nach sòradh e a bheatha

fhéin agus beatha mhuilleanan a chall air ghaol Iompaireachd Bhreatuinn a leòn. Tha fhios aige gu maith gur e Breatunn an rioghachd as duiliche dha a cheannsachadh, ach tha e suidhichte air buille-bhàis a thoirt dhi.

Bithidh an cogadh fada agus fiadhaich, agus faodaidh e ar dorsan a ruighinn; bithidh am biadh gann agus theagamh connadh; bithidh aig daoine ri barrachd oibre a dheanamh agus bithidh an rioghachd na 's bochda aig a dheireadh, ach chan fhaodar gearan no failneachadh, oir cha b' fhiach an saoghal a bhi bò ann na 'm faigheadh Hitler làmh-an-uchdar oirnn.

"Bithibh làidir agus bithibh misneachail, na bittheadh eagal agus na bittheadh faitcheas oirbh roimh Asiria, no roimh an t-slugh mhór so uile a tha maille ris; oir is mò na tha leinne na leis-san. Leis-san tha gàirdean feòla, ach leinne tha an Tighearn ar Dia."

## An Naomh Ciarán

*Leis an Urramach Calum Mac Gilleathain, M.A., an Tòisigheachd.*

DO bhrìgh agus gu'n robh Alba fo chomain mhór aig Eirinn air son nithean tarbhachd's na linnteann eachdraidheil agus, gu sònraichte, an nì so, gur ann á Eirinn a thàinig roinn mhór de na daoine a chraobh-sgaoil an soisgeul air tùs an Albainn, daoine móra urramach naomh mar Calum Cille a bha an I agus Maol-Rubha, no Mo Rubhe, a bha air a' Chomraich, theagamh nach 'eil e as àite dhuinn beagan a bhreacadh sios air suidheachadh na h-Eaglaise mhàthaireil an Eirinn, an Eaglais a thug an soisgeul do na fir sin agus a thog iad.

Tha daoine an Albainn agus an uair a bhithreas iad a' seanchas saoilidh tu orra gu bheil iad an dùil nach robh an creideamh ceart an Albainn gu ruige 1893, no 1843, no 1688, no 1525. Ach bha, agus is maith agus is brèagh gu'n robh.

Bha cuid de na daoine iomraiteach a bha 's an Eaglais Ghàidhealaich, anns na làithean a leagadh a bunaitean an Eirinn, de shliochd nan rìghrean. Bha Calum Cille chan e mhàin uasal, a réir na feòla, ach bha e rioghail. Agus bha compañaich aige eadhon 's a' mheud sin. Ach bha feadhainn eile ann agus bha iad air a chaochladh; agus, buidheachas do Dha, is e aon de bheannachdan nan gràs nach 'eil "saor" na "daor" an Iosa Criod. Is tric a sheinneadh le firinn an rann so 's an Eaglais Ghàidhealaich,

Togaidh e 'n deòiridh truagh o'n dust

'S am bochd o'n ôtraich bheun

'G an cur 'n an suidhe le prionnsaibh mór

Prionnsaibh a phobuill féin.

Ged nach do rugadh Ciarán móru rugadh còir glan e. Is e saor a bha 'n a athair. Ach cha robh a dhaoine gun fhiros aca cò bu daoine dhaibh. Is iomadh ni àraig a tha air innseadh o'n t-seann saoghal sin. So a h-aon aca. Bha athair agus màthair Chiaráin a' gabhair seachd, an carbad, air àite 's an robh seann draoidh dall. "So," arsa an dall, "fuaim carbaid 's a' bheil righ." Rinn a' mhuinnitir a bha 'n a chuideachd gàire fanoid, agus gun ri fhacinn ach an saor agus a bhean, agus fhreagair an dall, "Tha leanabh 's a' charbad sin a shaoghalaichear agus a bhios 'n a righ cumhachdach; agus mar a tha a' ghealach a' soillseachadh am measg reultaibh nan nèamhan soillsichidh esan leis na mòrbhulean agus na h-iongantaits nach gabb luaidh." Chreideadh na seann daoine Gàidhealach a leithid sin, agus mur do chaochail iad uile, tha iad ann fhathast a chreideadh e.

### Ann an sgoil.

Rugadh Ciarán 's an earrach 's a' bhliadhna còig ceud agus a còig deug, agus chuireadh glé thràth do'n sgoil e, agus tha iomradh is iomradh eile air sin an Leabhar Deadhainn Lios-mór. An uair a dh' fhàs e na bu mhotha chuireadh gu sgoil eile e gu Cluain Ard. An uair a bha e a' fàgail na dachaидh dh' iarr e bó air athair is air a mhàthair, agus cha d'fhuair. Chaighd e do'n bhàthaich agus bheannaich e a roghainn de'n chrodh, agus lean i sin e gu Cluain Ard; agus bha de bhainne aice na bu leòir do mhuinnitir na

sgoil uile, agus an uair a chailleadh i bha a seiche air a gleidheadh gu cùramach an Cluain Ard.

Chan iarrainn air duine a' chuid sin a chreidsinn; ach tha uinneag bheag againn 's an naidheachd tríd am faic sinn an seòrsa saoghal a bha aca dheth 's an t-seann aimsir an Eirinn.

A réir aithris, thug ceann na sgoile gean mór do Chiarán. So naidheachd eile air an sgoil. Thàinig sgoilear bochd gu Cluain Ard, agus e gun airgiod gun mhaoin gun leabhar, agus dh'iarr e iasad air càch agus dhiùlt iad e gus na ràinig e Ciarán. Bha Ciarán 's an àm a' leughadh an t-soisgeil a réir Mhata VII. 12, "uime sin gach uile nì bu mhiann leibh daoine a dheanamh dhuibh-se deanaibh-se a leithid dhaibh-san mar an ceudna : oir is e so an lagh agus na fàidhean;" agus thug Ciarán da an leabhar. An là 'r-na-mhàireach cha robh ach leth an leabhair aige air fhòghlum agus thug na h-òganaich eile "Ciarán Leth-Mhata" air. "Ni h-e leth-Mhata," arsa Ciarán, "ach Ciarán leth-Eireann oir aige-san a mhàin bidh dara leth Eireann; agus cha bhi ach an leth eile agaibh gu léir!"

An uair a dh'fhàg Ciarán Cluain Ard bha ceum àrd aige air a thoirt a mach 's an eaglais, agus chaidh e cuairt air muinntirean eile bha ainmeil an Eirinn. Chaith e gu Eileanan Arann, agus gu àiteachan iomallach eile, ach gu luath roghnaich e maghan móra lár na h-Eireann. 'S an dara àite a shuidhich e dh'fhan e corròs is trì bliadhna, ach air do Dhonán tighinn, is e a' sìreadh baile air son seirbhis Dhé, dh'fhàg Ciarán am baile sin, Innis Aingin, aige agus thog e fhéin air gu Aird Mhanntáin, àite a bha cho ion-mhiannaichte agus gu'n do ghabh Ciarán eagal gu'n deanadh a mhaiteas a cheangal ro dhlùth ris an t-saoghal. Dh'fhag e Aird Mhanntáin agus stad e aig Cluain Mac Nòis, àite farsuinn fàsail, agus thog e a theintein air enocan air an robh Ard Tiprait, no Aird an Tobair, an tùs na bliadhna 548. A réir an t-seanchais, chuidich gaisgeach a bha gabhail an Rathaid Ciarán 's e cur suas puist a thighe ('s e tighean fiodha bha 's an phasan an uair ud) agus gheall Ciarán rìgh-chathair na h-Eireann dha agus, ma's fior, b'e Diarmad Mac Cearbhaill an duine, agus bha e 'n a rìgh an Teamhair ceithir bliadhna deug.

### An abhainn mhór.

An uair a thòisicheadh leithid Chiarán air baile a dheanamh air son Dhé agus an t-soisgeil bha nithean àraidh a' gabhail àite. Air tùs, mar so, bha e a' roghnachadh àite

air son baile. Tha e soilleir nach b' ann gun sealltainn geur air àite a dheante an taghadh, agus lom agus gun móran maise do'n t-suìl agus mar a bha Cluain Mac Nòis bha nithean 'n a fhàbhar. Bha e dhlùth air braicnean na Sionainn, an abhainn mhór a tha 'n a slighe uisce air feadh earrainn mhór de Eirinn. Tha slighe 's an abhainn; agus tha iasg 's an abhainn. Agus tha feurach agus àiteach gu leòir 's a' cheàrnaidh; agus chan 'eil an t-àite gun tarruinn ann, tha nì eigin de bheannachd an t-sàmhchair gu paitl ann; agus rud eile a tha còmhnhadh Dhìarmaid a' cur 'n ar tuigse, bha an cumhachd talmhaidh 'n a fhàbhar; agus rud eile tha againn o na h-ainmeannan, cha robh an t-àite gun chliù o shean. Cha b' ann idir a' seachnadh seann làraichean phàganach a bhiodh leithid Chiaráin ach 'g an sìreadh agus 'g an ath-thogail a chum glòir Chriosd.

Rud eile bhiodh fior, cha bhiodh leithid Chiaráin 'n a aonar. An uair a thàinig Calum Cille gu Alba bha "a mhuinnitir" cuide ris, na daoine taghta bha còmhla ris mar theagh-lach Dhé, daoine diadhaidh agus daoine fiosrach de gach seòrsa a b' urrainn cosnadh agus saoithreachadh, air ball agus a chaoiadh, mar gu'm biodh daoine a bhiodh a' bristeadh talamh ùr.

Cha bhiodh a' mhuinnitir sònraichte mór air tùs, ach bhiodh iad sònraichte taghta, agus bhiodh so aca am measg gach buaidh is ealainn, bha iad de 'n aon inntinn agus de 'n aon spiorad ris an duine bha 'n a cheann orra. Agus so cuid de na daoine a bha dé mhuinnitir Chiaráin an uair a shuidhich e baile air Cluain Mac Nòis; Oengus, Mac Nisse; Cael-Colomb; Mo Beoc; Mo Lioc; Lugna mac na h-uì Moga Laim; agus Colman mac Nuin. Chuir iad sin agus càch tùs air an obair agus thog iad bratach air son na firinne. Thog iad àite aoraidh, caibeal beag cloiche de'n mheudachd agus de'n togail a bha air an seann teampuill, na seann chaibeil, agus na seann chillean, a bha uair-eigin an déidh sin cho liomhhor anns gach àite 's an robh an cinneadh Gàidhealach.

### Bàs Chiarán.

Cha robh Ciarán buan. Chaochail e an Cluain Mac Nòis mu'n d'thàinig ceann na bliadhna, aig aois trì bliadhna deug thar fhichead. Dh'fhàs e fann là 's an eaglais bhig ud, agus thug e orra a ghiùlan a mach, agus chàirich iad air a dhruim-direach e air a' blhlàr amuigh. An sin labhair e air uamhann a' chàis 's an robh e, agus an t-slighe a nis roimhe, ach arsa esan, "esan a bhuan-aicheas a chum na criche teàrnar e." Thug

iad an sin air ais do'n eaglais e. An sin thog e a làmh 'g am beannachadh agus chaochail e.

Chan 'eil an eachdraidh sin mór. Tha beagan eile ri aithris mu Chiarán, ach chan 'eil móran. Gidheadh dh'fhàg Ciarán cliù mór 'n a dhéidh. Agus faodaidh sinn a bhi cinnteach gu'n robh aobhair air. Ma tha cuid de na naidheachdan do-chreidsinn tha eòlas, beag no mór, anns gach sgeul. Feuch mar a tha 'n draoidh an sud, agus e 'n a fhiosaire; agus feuch mar a tha buaidh sin an fhiosaire aig Ciarán e fhéin, ged is fior Chriosduidh e; agus feuch mar a lean sin ris na Gàidheil, eadhon gu ruige ar là féin, agus gach sacoidh is Chriosduidh mór 'n a dhraoidh 's 'n a fhiosaire. Tha againn a rìs rainn a rinn ceann na sgoile, an Chriosduidh, air Ciarán a' feuchainn duinn gu'n do thaobh an Eaglais Ghàidhealach an filidheachd agus gu'n robh cliù an filidh 'n a nì ris nach cuireadh ceann 's an eaglais cul. Agus bha Colum Cille e fhéin mar sin. Is e chi sinn a' Chriosdalachd a' còmhdaich na tire ach a' glacadh chuiice féin gach nì maith agus tarbhach, agus gach oilean a bha cheana 's an tìr, oir pàganach agus mar a bha na Gàidheil cha robh iad gun adhartas agus gun nithean a ghabhadh an àite maith féin eadhon am measg Chriosduidhean. Feuchamaid a rìs air an dachaидh aig Ciarán; athair á meadhon na tire agus a mhàthair á ceann-adreas na tire; athair 'n a shaor, ach e cho inbheach agus gu'n robh a chapull 's a charbad féin aige (paitl na's fheàrr dheth mar sin na fear aig a bheil motor-càr a mis),

agus a bhuaille féin aige, agus comas aige a mhac a chur gu sgoil gun éis. Feuch a rìs an gaisgeach a' coinneachadh ri pearsa eaglais agus iad a' togail aitreach le chéile; agus feuch an ainmeannan nan daoine comharr air teaghlichean anns an robh pártan Criodail, agus comharran eile gu'n robh daoine fhatast an Eirinn nach robh fo bhuidh an t-soisgeil. Is e fear a dh'iompaich Ciarán, is e 'n a òganach pàganach an Innis Ainginn, a ghabh àite Chiaráin, mar Aba, an Cluain Mac Nòis an uair a chaochail Ciarán.

### Eud nan Chriosduidhean.

Rud eile tha 's an eachdraidh, eud nan Chriosduidhean an Eirinn. Bha ceathrar bhràithean aig Ciarán agus bha triùir pheathraighean aige agus chaidh an coisrig-eadh do'n eaglais gu h-iomlan ach a h-aon a phòs, agus bha ise i fhéin ionraiteach an deireadh a latha mar bhantraich dhiadhaidh. Rud eile a tha airidh air sùil 's an eachdraidh ainmeannan nan daoine. Is ann air dathan, is dòcha dath an fhult, a bha cuid de na Gàidheil air an ainmeachadh an uair a thàinig a' Chriosdalachd gu freumhachadh, Ciarán, Donnán, Gorman (sin o'n t-sùil is dòcha).

Cha tug Ciarán bliadhna iomlan an Cluain Mac Nòis; ach sheas Cluain Mac Nòis mìle bliadhna, fo bhuidh agus fo chliù, agus is e meud cliù an àite a dh'fhàg ainm Chiaráin cho mór agus a tha e, oir is e Ciarán a las an solus an Cluain Mac Nòis, agus dh'fhàs an solus sin anabarrach mór.

## Anns a' Choille Bheithe

AN uair a shiubhail Uilleam Leishman a bha 'n a thuathanach an Leacamas, an Cille-sgumann, thug a nighean dhomh bocsa mór a bha làn de leabhraichean-sgrìobhaidh anns am b' àbhaist dha a bhi cur sìos gach rud mu'n fhearrann a bu mhaith leis a chumail air chuimhne; na prísean a bhiodh e a' faontainn air beathaichean; an todhar a bhiodh e a' cur air na h-achaidhean, bliadhna an déidh bliadhna; an obair a bha dol air aghaidh o là gu là air an fhearrann, agus fichead rud eile an t-seòrsa sin, air am maith leis a h-uile tuathanach curamach cuimntas a ghleidheadh.

Anns a' chuid mhór de na leabhraichean cha robh dad ach prísean cruidh agus chaorach; tuarasdal ghillean; an guano agus an t-aol a bhiodh e a' faontainn á Grianaig; agus treathlaich eile mar sin. Ach an deireadh a làithean bhiodh Uilleam Leishman a' cur sìos 'n a leabhar-là a smuaintean agus

fhaireachduinean mu chùrsa a bheatha féin, mu Dhia agus mu'n t-saoghal, mu'n eaglais agus mu dhiadhaidheachd, agus mu iomadh rud eile a bhuineas do bheatha mhic an duine, agus bu mhaith leamsa cuid de na smuaintean agus na beachdan a chuir e sios anns na leabhraichean-sgrìobhaidh ud a thoirt am follais air na duilleagan so, an dòchas nach sgithich iad an luchd-leughaidh. Tha mi an dùil gur e so a bha 's an amharc aig nighean Uilleam Leishman an uair a thug i dhomh am bocsa.

Ach an toiseach bu mhaith leam beagan innseadh mu Uilleam Leishman, a bha 'n a rìgh am measg thuathanach agus 'n a dhuine sònraichte an iomadh dòigh eile.

Thàinig a sheanair, Amos Leishman, o'n chrìch Shasunnaich an 1802 gu bhi 'n a chìobair aig Tomas Elliot, aig an robh còig

bailtean-fearainn ann an trì siorramachdan, air an stocachadh le caoraich-mhaola. Bha Amos Leishman 'n a dhuine glic agus 'n a dhuine dichiolach, aig an robh bean a bha cho glic agus cho dichiolach ris fhéin ; an uair a thog e a theaghlaigh ghabh e dha fhéin agus d'a thriúir mhac a dh' fhan aig an tigh còmhla ris Leacamas, an Cille-sgumain. Cha robh ann an Leacamas aig an àm ud ach baile beag agus baile bochd, ach thug an oighreachd cead do Amos Leishman uiread agus a thoilicheadh e de'n fhearrann fhliuch agus chlachach a bha timchioll air a thoirt a steach. An uair a thòisich na Goill air creagan a sgoltadh agus air clachan a thoirt an uachdar le geimhleagan, ag oibreachadh o mhoch gu dubh, fliuch no tioram, fad na bliadhna, bhiodh muintir Chille-sgumain a' magadh orra agus ag rádh 'n am measg fhéin nach b' fheàrr iad na na famhan-thalmhainn. Ach coma leat, b' aithne do na Leishmanaich an gnothuch, agus ann an deich bliadhna fichead bha Leacamas air a chunntas mar aon de na bailtean-fearainn a b' fheàrr anns a' Ghàidhealtachd. Thiormaich iad an talamh-àitich agus am monadh le pioban-uisge agus dìgean ; thog iad miltean de ghàrraidhean leis na clachan a thug iad as an talamh ; far nach robh aon uair ach luachair agus rainneach agus fraoch bha a nis coirce agus buntàta agus tûr-neap a' fas ; thàinig Leacamas fo bhìadh mar an ròs le obair Amois Leishman agus a mhic.

Bha am bàillidh cho toilichte leis an atharrachadh a rinn iad air an àite 's gu'n tug e dhaibh a h-uile crioman fearainn a bha mu réir an crích ris a' bhaile gus mu dheireadh an robh Leacamas 'n a bhaile móra thuilleadh air a bhi 'n a bhaile maith.

Shiubhail Amos Leishman ann an 1853 ; chan 'eil falal de na thubhairt e riaghair chuimhne an diugh ach an aon fhacal so, "nach e peirceall na caorach a chuir an crann air an spàrr anns a' Ghàidhealtachd idir ach an leisg." Tha na gàrraidhean-chlach a thog e fhéin 'n an seasamh an diugh fhathast cho dionghmhalta 's a bha iad an là a chuir e a' chlach-mhullaich orra.

An déidh a bhàis phòs am fear bu shine d'a mhic, Uilleam, ach cha do rinn sin atharrachadh air bith air beatha na dithis eile ; dh' fhan iad ann an tigh an athar còmhla ri 'm bràthair agus ri mhnaoi, is bha iad cho laghach rithe agus cho furanach rithe ri Uilleam fhéin. Ach ma bha ceann ùr air an tigh, agus ma 's e ainm Uilleam a bha anns an rinnteal, bha obair a' bhaile a' dol air aghaidh mar b'abhaist, is bha a dhà

bhràthair na bu déine air obair na bha iad riaghair. Bha Uilleam 'n a dhuine aig an robh inntinn fharsuing ; beachdail agus sgileid am measg stuic, agus suas ri ghnothuch ann am malairt ; agus eadar sin agus gu robh obair a' bhaile air a cumail air aghaidh leis an dithis eile gun stad, bha Leacamas aig airde a chliù agus a thorachais mu na bliadhna 1860-1878. 'N a dhéidh sin cha robh na timeannan cho maith, agus cha mhò a bha an dà bhràthair a chuir dreach agus coltas air a' bhaile le 'n obair cho comasach air obair a dheanamh.

Cha robh aig Uilleam ach aon mhac, mac air an robh ainm fhéin, agus is ann airson a tha mo naidheachd. Bha e 'n a sgoilear maith ; an Oilthigh Dhùn-éideann fhuair e M.A. leis an urram as àirde, agus bha athair agus bràthrean-athar an geall air gu'n gabhadh e os làimh dreuchd na ministrealachd ann an eaglais na h-Alba. Ach thubhairt Uilleam òg riù nach robh gairm na ministrealachd aige o Dhia, no 'n a chridhe fhéin, ach gu robh gaol aige air a h-uile ploc de Leacamas far an do rugadh e agus far an do shaothraich a shinnsear, agus mar sin gu 'n robh e a' cur roimhe a bhi 'n a thuathanach.

Is ann mar sin a bha ; ghabh an t-ogha aonta ùr ann an 1874 air a' bhaile anns an do thòisich a sheanair air tuathanachd an 1822, agus bha e ann gus an do shiubhail e an 1922. Mar sin bha Leishmanaich ann an Leacamas ceud bliadhna ; an seanaid, an t-athair, agus am mac ; tri ginealan de dhaoine làidir anns nach robh boinne de 'n leisg. "Ma chi thu neach a bhios ealamh 'n a ghnothuch seasaidh e an làthair rìgh-rean." Le canainn agus le obair rinn na daoine ud baile maith de bhaile bochd, agus gus an là mu dheireadh à bha iad ann chomharraigheadh tu Leacamas air a dhath aig astar mhiltean. Ach chan 'eil am fear a thàinig 'n an déidh a' cur croinn anns an talamh ; chuir e caoraich air an talamh-àitich, agus ged nach 'eil e fhathast fichead bliadhna ann tha am feur a bha gorm agus goirid air ciaradh agus air fàs glas, agus tha an rainneach agus an coinean a' togail an cinn a ris. Ged a rinn na Leishmanaich airgiad agus beòshlaint mhaith ann an Leacamas cha robh motor-car aig gin dhiubh, ach bha geimhleagan aca ; chan 'eil a leithid a dh' inneal agus geimhleag aig an tuathanach a tha ann an diugh, ach tha motor-car aige, anns an bi e réiseadh o choinneamh gu coinneamh, o Pheairt gu Ionar-nis, ag iarraidh air luchd-riaghlaidh na dùthcha an rainneach a ghearradh air a shon.

Mar thuathanach bha Uilleam Leishman, M.A., (an t-ogha) a cheart cho maith ri athair no ri sheanair, agus theagamh na b' fheàrr, oir rachadh aige air sealltann roimhe na b' fhaide na rachadh acasan, agus bha e daonnan deas air a dhòighean-tuathanachais atharrachadh a réir nan timeannan. Mar sin chaidh aige air a cheann a chumail an uachdar anns na droch bhliadhna (1879-1889) a chuir ceann-crìche air móran thuathanach eile.

Ged nach gabhadh e dreuchd na ministreal aichd os làimh bha e 'n a fhoirbheach ann an eaglais Chille-sgumain suas ri leth-cheud bliadhna, is thug a chliù agus a dhiadhadh-eachd agus a ghliocas tighdarras dha anns an sgìreachd nach robh aig duine air bith eile. Bha e 'n a dhuine gaolach gu nàdurra, ach a mach o 'n ghaol a bha aige air a theaghlaich b'e an gaol a bha aige air Leacamas agus air tìr agus àileadh na talmhainn an gaol a bu làidire 'n a chridhe.

Uair a ghoirtich e a chas anns an fhoghar agus nach b' urrainn dha a sheòmar fhágail sgrìobh e mar so 'n a leabhar-sgrìobhaidh,—

"Ged nach fhaod mi gluasad as an t-seòmar-chadail so tha sealladh agam fad an là air na h-achairdean buana, agus chi mi fada bhuam mar tha an obair a' dol air aghaidh. A bheil fuaim eile anns an t-saoghal as ceòlmhoire ann an cluas tuathanaich na fuaim chlis nan sgeanan-gearraidh an uair a bhios an inneal-bhuanaig oibreachadh air gheuleas maith, no sealladh eile anns an t-saoghal as bòidhche na bhi a' faicinn nan diasan abuich a' tuitean roimh na sgeanan, agus an ath mhionaid air an ceangal gu teamm ann an sguairb! Chan 'eil ráidh anns a' bliadhna cho togarrach ri ráidh an fhoghair, no obair eile anns an cuir e làmh a bheir viread toileachadh do 'n tuathanach ri bhi faicinn sguaban buidhe trom air an cur 'n an seasamh air an achadh air latha ciùin grianach, agus na h-adagan tiugh agus 'n an seasamh ann an sreathan direach. Ged a bhios mi daonnan toileichte ma gheibh mi am feur cruinnichte gun uisge, a chionn gu bheil fhios agam gu'n dean fras uisge barrachd cron air feur na ni i air coirce, tha cruinneachadh an arbhair a' toirt barrachd toileachaidh dhomh a h-uile bliadhna na cruinneachadh an fheòir. Theagamh gur e aobhar an toileachaidh so gu bheil ni-eigin 'n am chridhe ag innseadh dhomh gur e an siol a tha fàs as an talamh biadh nàdurra mhic an duine. Ged tha aobhar aig an tuathanach air a bhi trom 'n a intinn barrachd làithean anns a' bliadhna na tha aig daoine eile tha sonas aige air làithean eile nach aithne dhaibhsan, agus chan 'eil àm de 'n bhliadhna cho togarrach no cho sona ri feasgar mhaith anns an fhoghair air achadh-buana. Tha dath air a' ghréin fhéin agus caomhalaichd anns an t-solus nach fhaisear aig àm eile. Cò ach duime gun chiall a bhiodh 'n a fhearr-lagha no 'n a chléireach na 'm faodadh e a bhi 'n a thuathanach?"

Phòs Uilleam Leishman té a bha ceum os a chionn, ach air a shon sin bha am pòsadh sona. Am bitheantas tha e glic do dhaoine gun dol fada os an cionn no fad fòdhpa, ach tha mi an dùil, ma ni duine roghainn a mach as a sheòrsa fein, gur fheàrr dha dol suas na dol sios, a chionn nach 'eil e cho furasda do bhoirionnaich an craicinn atharrachaidh 's a tha e do fhir, agus is e sreath no *class* na mnatha sreath an tighe agus an teaghlaich uile air a' cheann mu dheireadh.

Bha ochdnar de theaghlaich aca, triùir mhac agus còignear nighean, ach bha e 'n a chrois agus 'n a charraig d' an athair nach robh gaol an fhearrainn ann an cridhe gin dhiubh. 'N a sheann aois, an déidh bàs a mhnatha, agus gun còmhla ris ach an aon nighean a dh' fhan gun phòsadh, sgrìobh e so ann am fear de na leabhraich-ean-sgrìobhaidh a bha anns a' bhocs.—

"Chuir a h-uile aon de m' theaghlaich litir-ghaoil chugam aig an Nollaig, ach tha iad sgapte air feadh an t-saoghal is tha mise agus Seònaid gu maith ònrachdach leinn fhéin, ag ionndrainn am màthar. Thàinig naidheachd mhaith bhupa uile, agus tha iad uile a' faotainn air an aghaidh anns an t-saoghal; Amos 'n a cheann air bánc a ann China; Ailean 'n a Bhrigadier anns an arm anns na h-Innsibh an Ear; Iain 'n a Chòirneal air réiseamaid anns an Eiphit; ach air a shon sin tha e a' goirteachadh mo chridhe nach 'eil aon aca toileach fuireach ann an Leacamas an uair a thig crioch ormsa. Tha ionghlaigh mórr orm gu 'm biodh tarrning cho beag aig Leacamas air mo theaghlaich agus uiread gaoil agam fhéin air, ach tha amharus agam gur e an t-aobhar gu 'n deachaidh iad uile ri cuideachd am màthar. Bha am màthair o dhaoine nach do rinn riamh dad ach saigheadearachd, no comannaireachd ann an soithichean-cogaidh, no seirbhis do 'n righ anns na dùthchannan thall, agus mar sin is beag aig mo mhic am baile-fearainn so ann an Cille-sgumain, a tha mar ubhal mo chridhe dhomhsa, an coimeas ri fuaim na druma agus iomaire nan lann. Ach tha fuil chìobaireann annam-sa agus gaol na talmhainn, agus b' fheàrr leam aon fheasgar a' dol mu 'n cuairt gu socrach leam fhéin air an h-achaidhean a réitich agus a thug mo sheanair agus m' athair agus braithreann-màthar a steach o'n t-sliabh le geomhleagan agus neart an gairdeana na bhi 'n am chomanndair as àird aig an righ. Chan 'eil ploc no clach no oisean no iomaire ann an Leacamas, no cùil no seòmar anns an tigh, no anns na saibhlean, nach aithne dhomh agus air nach 'eil gaol agam, a chionn gur e làmhan mo dhaoine fhéin a rinn iad agus a thug cumadh dhaibh, agus tha mulad orm nach urrainn mi innseadh do m' mhic (a chionn nach tuigeadh iad e) gu 'n tuit Leacamas ann am beagan tìue air coigreach air chor-eigin aig nach bi suim air bith ann ach a mhàin an smior agus an sùgh a chuir mo sheanair agus m' athair agus mise ann a thoirt as cho luath's is urrainn dha."

(*Ri leantuinn.*)

# Aig an Uinneig

## Cascheum nam bàrd.

SIN an t-ainn a thug Lachlann Mac-Fhionghuin, M.A., a' tha a' teagastg ann an sgoil a' Ghearsdain, do leabhar beag cuimir anns an do chruinnich e á iomadh ceàrn agus o iomadh linn bàrdachd mhaith Ghàidhlig a bhios freagarrach do sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig; òrain de gach seòrsach gun ghin ann nach gabh seinn.

Tha e ag innseadh cò rinn iad, agus a' toirt cunntas goirid air an fheadhainn a rinn iad, ach tha cuid mhaith dhiubh "gun urrainn," agus chan e idir an fheadhainn a miosa ach cuid de 'n fheadhainn as fhèarr.

Tha Faclair aig deireadh an leabhair anns a bheil ochd fichead 's a deich taobh-duilleig uile gu léir. Chan 'eil fhiros agam ciod a tha e a' cosd, ach shaolinn gu 'm biodh a' phrìs mu leth-chrùn; is tha e cho aotrom anns an làimh 's gur fhiach do dhuine fhaotainn ged bhiodh a h-uile òran a tha ann aige cheana ann an leabhairccean eile. Chan fhaca mise dad ùr ann nach b' aithne dhomh cheana, no co dhiu anns na leugh mi dheth, ach thug e toileachadh dhomh fad uair an uaireadair, a' tioinndadh nan duilleagan agus a' stad an dràsd 's a ris a leughadh as ùr seathan agus rannan air a bheil blas milis.

Ann an aon dòigh tha an leabhar so coltach ris na céilidhean a bhios aca aig a' Mhòd, far am faic thu maithean agus mithean na tire, uachdarain agus iochdarain, 'n an suidhe còmhla air an ùrlar, no 'n an seasamh gualann ri gualainn aig an dorus; tha Mac Mhaighstir Alasdair agus Donnchadh Bàn agus Dùghall Bochanan agus Niall MacLeòid anns an aon chuideachd ri Iain Mac Phàidein agus Domhnachadh MacCuin agus Aonghas Mac-Eacharn, agus car son nach bitheadh? Tha an uaisle mar a chumar i.

Tha uidheamachadh agus litreachadh an leabhair bhig so ag innseadh gur e sgoilear maith Gàidhlig a chuir a mach e.

## Sgeulachdan na Gàidhealtachd Shiar.

Anns na linnteann a dh' fhàlbh, an uair nach robh leabhairccean aig muintir na Gàidhealtachd agus nach b' urrainn dhaibh an leughadh ged bhiodh aca, bha uinneagan na h-intinn air an cumail fosgailte leis na sgeulachdan a bha air an cumail beò le beul-aithris na feadhna aig an robh cuimhne mhaith. Bha Iain F. Caimbeul, Ille, cho gaolach agus cho measail air na sgeulachdan sin 's gu 'n do lean e air an cruinneachadh uile làithean a bheatha.

Ann an 1860-62 thug e am follais cuid de na sgeulachdan sin ann an ceithir leabhr-

raichean tiugh a chuir e mach, leabhairccean air a bheil iarraidh mhór an diugh fhathast. Ach bha móran eile aige air chùl a làimhe, agus bha iad air an toirt thairis do 'n leabhar-lann Nàisinneach, an Dùn-Eideann, gu bhi air an gleidheadh gu cùramach.

As an ulaidh sin thagh Iain G. MacAoidh dòrlach eile de Sgeulachdan, agus tha iad a nis air an cur a mach le Oliver & Boyd ann an leabhar a tha taitneach do 'n t-sùil, agus a tha a' cosd còig tasdain fhichead. Tha leabhar eile ris an fhearr so a leantuinn.

Cha bhiodh e furasda cunntas cothromach a thoirt air leabhar de 'n t-seòrsa so gun dol an ceann seanchais a ghabhadh àine. Ach ged nach 'eil mi a' dol a dheanamh seanchais àime air an duilleig so bu mhaith leam an leabhar a mholadh mar leabhar maith a tha làn de nithean a chuireas intinn duine air għluasad, co dhiu a tha e 'n a sgoilear no nach 'eil, no co dhiu a tha Gàidhlig aige no nach 'eil. Chan e idir cnàmhan tioram a tha ann ach cnàmhan air a bheil gu leòir a dh' ithinnich mhaith.

Bha e air a dheasachadh air son a' chlòdh leis an Ollamh Uilleam I. Mac Bhatair; an t-Ollamh Dòmhnull Mac Gill-Eathain; agus an t-Ard Fhear-teagaisg H. I. Rose; ach is ann air Iain G. MacAoidh a thuit an roinn bu mhotha de 'n obair, oir is e esan a thagh na Sgeulachdan as na paipearan a dh' fhág an Caimbeulach, a sgríobh iad as ùr air son a' chlòdh, agus a thionndaidh gu Beurla iad, a thuilleadh air iomadh fiosrachadh eile mu na Sgeulachdan a thoirt dhuinn. Tha Iain G. MacAoidh 'n a sgoilear agus 'n a urrainn mhaith anns an t-seòrsa litreachais so.

## An t-aiseag iongantach.

Ann an deireadh Mhàigh bha eagal air sluagh Bhreatuinn gu 'm biodh an t-arm agaínn uile, agus iad ion 's air an cuàrtachadh anns an Fhraing mar ann am fang chaorach, air an glacadh agus air an toirt do 'n Ghearmailt 'n am priosanaich, ach le fàbhar Ni-Maith agus an dìorras fein agus misneach is tapachd ar seòladairean fhuair a' chuid bu mhò dhiubh gu cladach, is bha iad air an toirt dhachadh gu sàbhailte do Shasunn. Chan fhacas cabhlach bhàtaichean de 'n t-seòrsa ud eruinn còmhla riagh roimhe; geòlachan; sgoithean; gàbhartan; bàtaichean-luath; bàtaichean-aiseig; tràlairean; bàtaichean-cruidh; bàtaichean-bathair, agus Para Handy leis an *Vital Spark*, a thuilleadh air bàtaichean a bu mhotha, agus na soithicéan-cogaidh 'g an dion, a' ruith 'n am measg agus mu 'n cuairt orra mar gu 'm

biodh coin-chaorach, agus na soithichean-adhair ag itealaich os an cionn agus a' tapaid ris an nàmhaid a bha a' feuchainn ri stad a chur air an aiseag le bombs. Bu shealladh e nach fhacas a leithid riamh, ach tha aobhar againn a bhi taingeil do Dhis nach do chuir e oirnn, a thuilleadh air gach briseadh-dùil agus deuchainn a thàinig oirnn anns a' chogadh so, erios a bu mhiosa na crois air bith eile, agus gu 'n robh an t-arm air a shaoradh à ribe an eunadair. Thug Hitler rabhadh do 'n t-saoghal uile dà uair gu robh arm Bhreatuinn cho math's air a ghlacadh le arm fhéin, agus uair eile gu 'm biodh e air a sgrios gu buileach am beagan ùine, ach ghabh an t-arm an t-aiseag, is dh 'fhàg iad Hitler a' casadh fhiacan.

An uair a bhios eachdraidh a' chogaidh so air a sgrìobhadh cha rachainn an urras nach e naidheachd an aiseig an sgeul as fhaide a chumair air chuijmhe, agus an sgeul a gheibh àite anns a h-uile leabhar a bhios air a sgrìobhadh uime, ged is e Hitler a fhuaire a' bhuaidh agus a' bhuanachd, agus nach robh sinne ach mar bha Pòl agus sgioba a' bhàta a chaidh air tir, "thàrladh gu 'n deachaidh iad teàruinte gu tir, cuid dhiubh air clàraibh, agus cuid eile air mìribh briste de 'n luing."

### Eireamaid agus togamaid.

Chan 'eil duine anns an dùthaich so a chreideadh an uiridh, no ann an toiseach an earrach so fhéin, gu 'n rachadh aig a' Ghearmailt air buillean cho làidir no cho clis a thoirt do rioghachd as déidh rioghachd 's a thug i dhaibh, no gu 'n rachadh aice air an droch bhuille a thug i dhuinn fhéin agus do 'n Fhraing a thoirt dhuinn; Pòland air a chur fo casan ann an sè là deug; Lochlann ann an trì seachduinean; Denmark ann an uair an uaireadair; arm na h-Olaind air a chiosnachadh leatha agus air a ghlacadh ann an ceithir làithean; Belgium air a chur fo casan ann an trì seachduinean, agus rìgh Bheilgum agus trì cheud mile d'a arm 'n am prìosanaich aice; bealach air a dheanamh troimh arm na Frainge leis a' cheud bhuille a thug i orra, agus an t-arm againne air a chuartachadh leatha agus air a chur an coinneamh a chùil gu cladach gus am b' fheudar dhuinn na bha beò de na saighdearan a thoirt dhachaidh agus na gunnacha móra agus gach armachd is acfhuinn eile a bha againn fhàgail air an raon aig an nàmhaid!

Cò chreideadh gu 'n tachradh a leithid so, no gu 'n robh a' Ghearmailt cho làidir, no gu 'n deanadh òganaich agus balaich Hitler ann an trì seachduinean an rud a dh' fhaitlich air feachd a' Chaesair fad cheithir bliadhna, an cladach a ruighinn agus puirt

a' Chaolais a thoirt bhuainn. An iongnadh ged theireadh a' Ghearmailt gur e neart a gairdean fhéin is lagh dhi?

Ach thachair e, agus chan 'eil fodhainn a nis ach ar leasraidhean a chrioslachadh gu duineil, agus cuideachadh a thoirt d' ar dùthaich le obair, ag ràdh ri càch a chéile mar thubhaint an sluagh ri Nehemiah, Eireamaid agus togamaid.

### Fear-buaireis Israeil.

Ann an sgìr Uige, an Leòdhas, o chionn dòrlach bhliadhna, bha ministear air a shuidheachadh ann an eaglais na sgìreachd a bhiodh a' deanamh uiread càinidh air eaglais na h-Alba 's nach robh fhios aig a' choimhthionail no aig a' Chlér fad ùine c' àite an robh a sheasamh aige; co dhiubh a bha e leatha no 'n a h-aghaidh. Bhiodh e ag uisneachadh cainnt làidir mu 'n phuinns-eachadh a bha diadhairean na h-eaglais a' deanamh air inntinnean dhaoine le 'n teag-asmg, agus air uairean 'g an ainmeachadh gu nimheil air an ainnm.

Mhill a sheanchas agus a shearmonachadh sith a' choimhthionail; bha gearan air a dheanamh uime ri cinn na h-eaglais an Dùn-éideann, agus bha teachdairean air an cur do Leòdhas uair no dhà a bhruidhinn ris, agus a dh' fleuchainn an gabhadh sith deanamh. Ach air a' cheann mu dheireadh dh' fhàg e Eaglais na h-Alba is thug e leis cuid mhaith de 'n choimhthionail. Ged nach toigh le eaglais air bith cuid d'a sluagh a chall bha sinn uile leagta ris a' chall ud a chionn gu 'n d' fhuair sinn cuidhete 's am ministear a bha 'n a fhear-buaireis an Leòdhas.

An sin bha ministear sìtheil air a shuidheachadh ann an Uig, is tha cothrom aig aobhar Chriosd air soirbheachadh an uair a tha sith ann an coimhthionail.

Ach am bliadhna bha athchuinge o fhear-buaireis Uige air beulaibh an t-Seanaidh air Dùn-éideann, ag iarraidh air ais do Eaglais na h-Alba, agus rud glé iongantach, bha e air a ràdh gu 'n do chomhairlich Cléir an Eilein Sgitheanaich a ghabhail air ais. Ach gu fortanach bha an t-Urramach Ruairidh Moireasdan, an Eaglais Ard Steòrnabhagh, anns an t-Seanaidh an uair a thainig a' chùis air a bheulaibh; dh' innis esan gu réidh socrach, ceum air cheum, mar bha sith am measg bràithrean agus choimhearsnach agus eaglaisean air a milleadh leis a' mhinistear a bha ag iarraidh air ais, agus air a' cheann mu dheireadh b' e binn an t-Seanaidh nach leigteadh a steach e. Binn ghlic agus chothromach.



## Saorsa tre fhuil

THA móran dhaoine ann a ghabhas oilbheum ma chluinneas iad am facial fuil ann an searmonachadh an t-soisgeil, agus a thionndaidheas air falbh le tair bho theachdaire sam bith a chuireas cudthrom air eifeachd fuil an t-Slànuigheir. Tha iad an dùil nach 'eil anns an teagastgur ann o dhòrtadh fuil an t-Slànuigheir a tha uile bheannachdan na réite a' sruthadh ach cuing a chuir an t-abstol Pol agus diadhairean eile mu amhach a' chinne-daonna, agus their iad nach 'eil na tiodhlacan spioradail a tha an saoghal a nis a' sealbhachadh o Dhia an ceangal ri fuil Chriosd na's mò na tha an t-sìd an ceangal ris a' gealaich.

Ach anns a' chùis so tha Pol ceart, mar tha e anns gach ni dliomhair is domhain eile air an do mheòmhraich 'inntinn; tha an fhìrinn a theagaig e air a deargadh anns na làithean brònach so air eridheachan dhaoine mar le peann iaruinn, an fhìrinn nach gabh saorsa ceannach as eugmhais dòrtadh fala. Ciod air bith eile a tha an cogadh uamhasach a tha an diugh a' fàsachadh na Roinn-Eòrpa a' teagastgur dhuinn, tha e a' teagastgur dhuinn le sòluimteachd gu 'm feum aon duine bàs fhaotainn a chum gu 'm bi beatha aig daoine eile.

Sin lagh seasmhach a tha a' riaghlaigh anns an t-saoghal spioradail; lagh nach robh air a dheanamh le Pol (ged a leugh Pol e leis an tuigse a thug Dia dha) ach lagh a tha air fhillheadh a steach ann am beatha chloinn nan daoine o thoiseach tìm gu deireadh an t-saoghail. Tha an lagh sin ag oibreachadh gun sgur ann am freasdal Dhé air an talamh, a' toirt fianuis do 'n fhìrinn a tha tighinn thugainn o Chalbhari, 'saorsa tre fhuil,' agus "as eugmhais dòrtadh fala chan'eil maith-eanas peacaidh ann."

## Iobairt agus adhartas.

Gun iobairt cha bhi adhartas. Còrdadh no na còrdadh sin riut cha ghabh e seachnadh, oir is lagh e a tha ag oibreachadh araon anns an t-saoghal nàdurra agus anns an t-saoghal spioradail; lagh a tha a nis a' labhairt ann an eachdraidh an t-saoghail le guth caol fann, agus a ris le guth a tha mar thoirm mhòran uisgeachan, ach a tha labhairt ann an crann-ceusaidh Chriosd le cumhachd a thug eadhon air na bodhair eisdeachd. Cha d' thug an saoghal riamh leum air adhart gun neach air


chor-eigin a thabhairt a bheatha air a sgàth; maith a' mhòrain a' tighinn o fhlolangais a' bheagain; daoine anns a' bheil uaisle a' bàsachadh los gu'm biodh am bràithrean beò; faidhean agus ionracain agus martaraich a' meas am fulangais mar neo-ni a chum gu 'm biodh slighe dhreach air a dheanamh do fhìrinn, do cheartas, agus do shaorsa.

Mar so tha *lagh na h-iobairt* air fhighheadh a steach ann an dlùth is inneach ar beatha, an lagh air a' bheil crann-ceusaidh Chriosd 'na shamhladh agus 'na shuaicheantas siorruadh; agus ged tha an lagh so ann an aon seagh gruamach is cruaidh, oir tha e 'na mheadhon air fulangas is bristeadh-cridhe a thoirt air a' ghaisgeach agus air an neo-chiontach, tha e ann an seagh eile maiseach agus lan gealltanais do 'n t-saoghal, oir tha e 'na mheadhon air na beannachdan as airde a thoirt do 'n mhòr-chuideachd nach b' urrainn an cosnadh air an son féin. Na tiodhlacan a tha deanamh ar beatha-ne an diugh socrach is comh-fhurtachail is sàbhailte,—bha iad air an ceannach dhuinn le saothair anama is fuil; tre obair is fulangas is féin-àicheadh dhaoine eile, a tha nis eadhon an ainmean air an dìchuimhneachadh, thàinig beannachdan thu-gainn air son nach do shaothraich sinn.

## Athailtean na h-iobairt.

Tha e air a ràdh gu 'n do mharbhadh aon duine co dhiu mu choinneamh gach mile de 'n rathad-iaruinn a rinneadh anns an dùthaich; faodar a ràdh le firinn gu 'n deachaidh iad sin iobradh a chum gu 'm biodh rud maith air a thoirt dhuinne. Na 'n robh stùl gheur is cridhe tuigseach againn chitheamaid air gach beannachd a tha sinn a' sealbhachadh athailtean na h-iobairt; braonnan dearg fuil-chridhe nan daoine a choisinn na beannachdan sin dhuinn. Leòadh daoine eile a chum gu 'm bitheamaid-ne gun leòn; chaidh iad a steach do gheann dorcha a' bhàis a chum sinne a thoirt do ionad teàruinte is farsuinn. Gun iobairt chan 'eil adhartas, agus gun dòrtadh fala chan 'eil saorsa.

Cha deachaidh an saoghal riamh aon cheum air aghaidh, cha d' fhuair sinn maith as fhiach maith a ràdh ris gun duine air choreigin no daoine a bhi air an ceusadh agus air an gonadh thun an cridhe le móran dhoilgheasan. Sin lagh nach 'eil dol as air;



ma lorgaicheas tu cùrsa an t-srutha a tha giùlan eòlais agus sith agus saorsa gu sliochd Adhaimh chi thu gu bheil an sruthan daonnan ag éirigh á tobar d' an ainn Calbhari. Ma bu mhaith leat dearbhadh fhaotainn gu bheil teachdaireachd an t-soisgeil fior, a' comhfhereagairt do fhéin-fhiosrachadh mhic an duine, ciod an dearbhadh as cinntiche na so, gu bheil an Tiomnadh Nuadh a' cur fa chomhair an t-saoghal mar Shlànuighear neach aig a' bheil Crùn-droighinn air a cheann.

### Deò beag soluis.

Anns na smuaintean so, ma ta, gheibheart leus beag de sholus anns na làithean brònach anns a' bheil sin beò; agus cò aig nach 'eil feum air gath soluis anns an tiugh-dhorchadas a tha ag iadhadh umainn. Ma tha Dia 'na fhreasdal ag oibreachadh leis an lagh so, ma's e so aon de na dòighean anns a' bheil e ag oileineachadh a chloinne ann am fireantachd, feumar a chuimheachadh nach 'eil e ag iarraidh air mac an duine ni a dheanamh ach an ni a rinn E féin. Is e sin r'a ràdh, tha a' cheart lagh a tha ag oibreachadh ann am beatha dhaoine ri fhaicinn anns an Diadhachd féin, oir ann an tabhartas a Mhic tha Dia a' nochdadhbh gu'n d' fhuling e bròn agus saothair anama a chum gu'm biodh saorsa agus oighreachd shiorruidh againne mar thoradh fhlangais.

Chan ann mar sheann naidheachd a bu chòir dhuinn naidheachd Chalbhari a leughadh; mar ni a thachair o chionn fhada nan cian agus aig nach 'eil buintealas no dàimh ris na nithean a tha làthair, no ri beatha dhaoine anns an là an diugh; ann am bàs Chriosd air Calbhari tha sinn a' faicinn an lagha 'na mhaise agus 'na ionmlanachd, gur ann tre fhuil a thig

saorsa; tha e 'na dhealbh air nithean a bha, agus a tha, agus a bhitheas gu siorruidh, fior ann am beatha mhic an duine agus ann an eachdraidh an t-saoghal. Tha iobairt a' call a maise an uair a tha i air a tabhairt a dh' aindeòin, oir is e maise na h-iobairt gu 'm biodh i air a tabhairt le saor thoil agus teas ghràdh.

### Iobairt uasal.

Bha tabhartas Chriosd as leth a bhràithrean uasal agus éifeachdach do bhrigh gu'n do choisrig e e féin gu toileach a chosnadh saorsa tre fhuil. Cha b'e na tàirgean a chuireadh 'na chasan agus 'na làmhan a chùm air a' chrann e ach a thoil uasal féin. Cha b'e daoine a thug bhuaith a bheatha a dh' aindeòin; thug e seachad i le a shaor thoil mar éiric air son mhórain. Sin an t-aobhar gu bheil éifeachd shiorruidh 'na fhuil; air a' chrann-cheusaidh an uair a bhàis bha e na bu chumhachdaiche na bha e riamh 'na bheatha. "Mise ma thogar suas o'n talamh mi tàrnigh mi na h-uile dhaoine a'm ionnsaigh."

Dhòirteadh fhuil phriseil-san o chionn nan ceudan bliadhna, ach tha i fhathast a' ruith troimh na linntean mar abhainn iocschlainteach anns a' bheil cumhachd dhiomhair is bheò. Tha i a' teagastg do 'n t-saoghal mar nach b' urrainn briathran duine no aingil a theagastg, gur e fulangas prìs na saorsa. Sin leasan a tha ar dùthach ag ionnsachadh as ùr ann an calldachd a' chogaidh; leasan a bha i a' cur an suarachas ann an làithean a suaimhneis; ach air slighe nach do shaoil sinn tha Dia 'g ar toirt air ar n-ais gu Calbhari agus gu teachdaireachd na fala air an do rinn sinn dearmad.


## Anns a' Choille Bheithe

(air a leantuinn)

AN uair a ghabh Uilleam Leishman aontaù air Leacamas ann an 1874 bha tìmeanna maith aig tuathanaich. Bha prísean maith air crodh agus air caoraich, air buntata agus air coirce, agus bha prísean ag éirigh. Bha e na b' phasa seirbhisich fhaotainn na tha e an diugh, agus cha robh tuarasdal ghillean cho mór. Ach ged nach robh an tuarasdal mór ann an airgiod bha na gillean a' faotainn rud a b' fheàrr d'an teaghlaich na airgiod, biadh agus connadh. So an tuarasdal a bha aig na gillean aig Uilleam Leishman ann an 1875.

Dà not air fhichead (anns a' bhliadhna)  
Tigh gun mhàl agus gàradh  
Tri tunna guail  
Sè ceud deug slat de thalamh buntata  
Ochd bolla de mhìn-choirce  
Sè bolla de mhìn-eòrna  
Feurach agus fodar do mhart.

Cha robh aig na ciòbairean ach sè notaich-ean deug anns a' bhliadhna, ach bha dà bholla a bharrachd aca de mhìn-choirce (theagamh air son nan con) agus feurach dà mhart agus sè caoraich dheug.



Bha trì bailtean-fearainn aige fo chaoraich a thuilleadh air Leacamas ; a h-uile bliadhna bhiodh e a reic suas ri dà cheud deug molt aig Féill na h-olainn an Inbhir-nis, cuid dhiubh maol ach a' chuid mhór dhiubh dubh-cheannach. So na prísean a fhuair e air na caoraich ann an 1874-75-76-78-79-80.

### Caoraich Mhaola

	Muilt	Crogaichean	Uain
1874 ...	43/9	35/-	17/-
1875 ...	47/-	35/-	21/-
1876 ...	51/3	34/-	23/6
1877 ...	50/-	39/-	23/-
1878 ...	48/-	36/-	21/6
1879 ...	43/-	35/-	20/-
1880 ...	42/-	30/-	20/-

### Dubh-cheannaich

	Muilt	Crogaichean	Uain
1874 ...	34/6	19/-	13/-
1875 ...	35/6	20/3	15/-
1876 ...	37/9	23/9	18/3
1877 ...	36/-	24/-	20/9
1878 ...	35/-	22/-	20/-
1879 ...	34/9	22/9	10/-
1880 ...	37/-	22/-	18/-

Anns na bliadhnanachan mu dhereadh, o 1914 gu 1922 b' e so na prísean a fhuair e air na caoraich dhubb-cheannach a reic e ann am Peart. Bhiodh e a' reic nan caorach mhaola ann an Inbhir-nis.

	Muilt	Crogaichean	Uain
1914 ...	37/-	34/-	24/-
1915 ...	41/-	38/6	25/6
1916 ...	45/-	42/-	27/9
1917 ...	49/-	46/3	30/-
1918 ...	53/-	50/9	32/3
1919 ...	59/-	54/3	35/-
1920 ...	79/-	62/3	41/-
1921 ...	60/-	61/9	45/-
1922 ...	62/-	72/6	43/-

Ann an 1915 (chan 'eil am mìos no an là air ainmeachadh) sgriobh Uilleam Leishman so 'n a leabhar-sgriobhaidh :—

"Chaochail an ciobair a b' s'fheàrr a bha agam riamh an raoir, Alasdair Friseal. Thàinig e chugam-sa á Gleann Moireasdan, ach tha mi an dùil gu'm buineadh e do Gheàrr-loch, ach ma bha cuideachd aige an sin, cha deachaidh e riamh air ais 'g am faicinn. 'N a phearsa, 'n a innitinn, agus 'n a dhòighean, bha e air leth o dhaoine eile, làn neónachais, làn ghisreagan, agus cho cas ris na drisean, ach sgileil agus beachdail am

measg chaorach, agus na bu chùramaiche umpa na bha e uime fhéin. Chan fhacas riamh còta-uisge no breacan air, air cho fuar no cho fiuch 's 'g am bitheadh an latha, agus cha mhò a chunnacas riamh còmhda-chinn eile air ach ad chruidh. Bhiodh an ad air ann an teas an t-samhraidh, a' cruinneachadh nan caorach air a' mhonadh, is bhiodh i air, ag obair anns an fhang; co dhiubh a bha ann turadh no uisce, grian, no gaoth, no sneachd, bha ad chruidh air ceann Alasdair. 'N am measg fhéin, far nach cluinneadh e iad, bhiodh na balaich agam-sa agus na ciobairean óga a' cur gheall mu dhath na h-aide, no an e an aon té a bha air o dh' fhàg e Gleann Moireasdan, no am biodh i air anns an leabaidh, ach co dhiubh a bha an ad ciar no uaine, bha barrachd túir anns a' cheann a bha foidhpe na bha ann an ciobair eile eadar Cuach agus Cille-sgumain.

"Bha e maith air comharraidhean na h-aimsir a leughadh, agus fad na h-ùine a bha e agam cha do rug stoirm air gun fhios da, no gun na caoraich a bhi ann am fasgadh. Aon gheimkradh mu thrì seachduinean an déidh na Nollaige thàinig droch stoirm a rinn call mór do thuath-anaich-chaorach anns an t-siorramachd so. Bha an t-sìd maith aig an àm, agus gun choslas atharrachaiddh oirre, is bha na caoraich fada mach. Cha robh Alasdair Friseal gu maith aig an àm; bha mise air falbh o'n tigh, air gnothuch air choireigin an Dùn-éideann, ach an uair a thàinig an sneachd agus gun dùil ris, agus a chunnamic mi anns na paipearan-naidheachd gu'n robh rathaidean air an dùnadh, agus caoraich air an tiodhlacadh, agus cuitheanna-sneachd ri fhaicinn anns an robh ceithir troighean deug a dhoimhn-eachd, gheas mi orm dhachaidh agus fhios agam gu robh an ciobair air a leabaidh. Ach bha an rathad-iaruinn air a dhùnadh cho maith ri rathaidean eile, agus a dh' aindeoin mo chabhaig cha d' fhuair mi dhachaidh gu Di-ciàdaión an déidh na stoirme, a bha air Di-haoine agus Di-sathuirn.

"An uair a choinnich fear de na balaich mi leis an each b' e a' cheud fhacal a thuirt mi ris, 'An cuala sibh dad mu na caoraich air Cuach, no mu'n chiobair ?'

"Tha na caoraich air Cuach," ars esan, ceart gu leòir; "chuir Alasdair Friseal a mhac a dh'innseadh dhuinn gu robh na caoraich sàbhailte.'



"Bha na caoraich sàbhailte gun teagamh, le cùram agus dìlseachd a' chioばir.

"N a shìneadh anns an leabaidh mu choinneamh na h-uinneig mu dhà uair feasgar Di-haoine chunnaic e coslas air an speur nach do chòrd ris, agus gun dad a ràdh ri mhnaoi, dh'éirich e is sheall e a mach. Ann a' mhionaid thill e steach is chuir e an ad agus a bhrògan air, ag ràdh gun iomagain air bith a bhi oirre ach gu'n robh esan a' dol a dh'haicinn c'aité an robh na caoraich. Rinn i na b'urrainn dhi 'g a chumail o dhol a mach agus e 'n a chrioplach bochd, ach bha cho maith dhi feuchainn ri Cruachan a charachadh. Thug e leis an dà chù is thuriit e rithe iarraidh air a mhac a leantuinn, an uair a thigeadh e dhachaidh. Mu leth uair an déidh trì thòisich an sneachd air tuiteam, is dh'éirich a' ghaoth le toirm eagallach anns na coireachan, agus m' an do dhòrchaich an oidhche bha cur is cathadh gàbhaidh ann. Lean an stoirm oirre gun tiobradh gu feasgar Di-sathuирn. Bha Alasdair Friseal agus a mhac a muigh fad na h-oidhche, agus gu meadhon-là Di-sathuирn, ach chaidh aca air na caoraich a thuriit á cunnart gu fasgadh le droch ghiollachd a thoirt d' an cuirp fhéin agus am beatha fhéin a chur an cunnart.

"Bu dona am maighstir aig nach biodh meas air seirbhiseach de'n t-seòrsa so, chan ann a mhàin mar sheirbhiseach ach mar charaid dileas.

"Chan fhaca Alasdair Friseal caora riamh nach aithnicheadh e a ris, na'n socruicheadh e a shùil oirre gu sònruichte; an uair a bhitheamaid a' cur nan uan fo dheoghal agus a' cur air leth nan uan boirionn a bha ri bhi air an gleidheadh air son stuic rachadh aige air am màthritic an a chomharrachadh dhomh ann an dà mhionaid ma bha teagamh agam am b' fhiach an t-uan a ghleidheadh. Cha bu toigh leis uan a chumail mar chaora-stuic ma bha dad idir de choslas muilt oirre 'n a h-aodann no 'n a cumadh. Theireadh e gur e Dia a rinn 'firionn' agus 'boirionn iad,' agus na nithean a dhealaich esan, nach bu chòir dhuinne a mheasgadh."

Bha bliadhnachan a' chogaidh (1914-1918) 'n am bliadhnachan soirbheachail do thuathanach, oir is fhada o chualas am facal gu'n

cuir rongan cogaidh spreigeadh anns a' mhargadh. Ach cha b'e rongan beag cogaidh a bha anns a' chogadh mu dheireadh ach tuil agus crith-thalmhainn a theab an Roinn-Eòrpa a sgrios. Bha an cogadh a' laighe gu trom air eridhe Uilleam Leishman, agus anns a bliadhnachan mu dheireadh d'a bheatha bha e a' sgrìobhadh uime na bu trice na bha e a' sgrìobhadh mu chuspair air bith eile.

Theagamh gu bheil cuimhne aig cuid de na leughas an duilleag so air an aimsir chiùin agus bhrèagh a bha againn anns an fhoghar an 1914, an August agus September. Bha mise ann an Sasunn aig an àm, is bidh cuimhne agam gu bràth air na làithean grianach ud, agus air maise na dùthchea, is bha car de na ceart smuaintean 'n am chridhe a bha ann an eridhe Uilleam Leishman an uair a sgrìobh e so 'n a leabhar-là.

"Chan 'eil eagal no iomguin orm am bliadhna an uair a chaidleas mi anns an oidhche gu'm bi an dile ann anns a' mhàuinn, oir tha a h-uile là a' toirt bàrr air an là a bha roimh. Tha a h-uile ni maith agus mar a dh'iarraimaid ach a mhàin gu bheil uamhas a' chogaidh maille ruinn 'n ar dùsgadh agus 'n ar cadal. Car son a tha daoine a' marbhadh a chéile agus gun fuath aca d'a chéile? Car son a ghabhadh rioghachdan oilbheum a thaobh nithean nach tugadh oilbheum do dhuine glic? An ann o Dhia a tha cogadh, no an e obair Shàtain a tha ann uile gu leir? Cò as urrainn a ràdh? Tha daoine glic agus daoine diadhaidh a' feuchainn ri cogadh a chur as, ach chan e mhàin gu bheil sin a' fairtleachadh orra ach tha iad féin air an tarruing a steach ann, agus air a' cheann mu dheireadh tha làmh aca ann. Agus chan e sin a mhàin ach cha bhiodh an coguis réidh riu mur biodh làmh aca ann, a chionn gu bheil iad cinnteach gu bheil iad a' seasamh na càrach. An e cogadh aon de na meadhonan leis a bheil Dia a' cur an géill a thoile agus a rùintean anns an t-saoghal? Chan urrainn mi a ràdh. Tha e 'n a dheacair-eachd dhomh. Tha m' inninn ann an ceò, mar dhuine a' gluasdan an rathead ud agus an rathead ud eile, agus gun e a' faicinn ach sgàilean. Is e an aon ni as urrainn mi a dheanamh le m' uile chridhe, a bhi ag ùrnuiigh ri Dia air son sith, agus a bhi ag ùrnuiigh gu'n tigeadh a rioghachd."

(Ri leanuinn.)



# Chan 'eil ni nuadh fo'n ghréin

"An ni a bha ann is e an ni sin féin a bhitheas ann ; chan 'eil ni sam bith nuadh fo'n ghréin."—ECCLESIASTES I. 9.

THA falal an Tighearna sean agus ùr, fior agus seasmhach, anns an t-seagh so, nach 'eil dad a thachras ann am beatha dhaoine no ann an eachdraidh rioghachdan nach 'eil rudeigin anns a' Bhiobull coltach ris ; seann ni a tha coltach ris an ni nuadh.

Is fhada Asiria o'n Fhraing, agus is fhaide na sin Heseciah o cheannardan na Frainge, ach ma leughas tu an ochdamh agus an naoieamh caibideil deug de Dhara Leabhar nan Righrean chi thu nach 'eil Hitler a' deanamh air an Fhraing (no oirnne cuideachd ma theid aige air a dheanamh) ach mar rinn Senacherib, rìgh Asiria, air Iudah.

Innsidh mi an naidheadhd, falal air an fhacal, ach a mhàin gu'n giorraich mi i.

B'fheudar do Heseciah a chuid a b' fheàrr a dheanamh de'n chuid bu mhiosa, oir cha b' urrainn dha seasamh ri Senacherib, a ghlac bailtean Iudaih. "Ma bheir thu air ais t' arm," ars esan, "bheir mi dhuit suim airgid air bith a dh' iarras tu."

Sin mar bha ; b'fheudar dha a chàin a chuir Senacherib air a phraigheadh, gu ruige òr an teampuill. Tharruing Senacherib an t-arm air falbh o Ierusalem, ach ma tharruing, cha do sheas e ri fhacal ; thàinig e air ais a rìs, agus cumhachan ùra da dhìth air.

Chuir e teachdairean gu Heseciah (an uair a leughas tu ciod a thubhaint Rabsaceh nach saoil thu gur e Goebbels a tha thu a' cluintinn a' moladh treunadas Hitler !) ag ràdh ris, "Ciod am feum a tha ann dhuit a bhi seasamh am aghaidh-sa, no ciod an tairbhe a tha ann dhuit earbsa a chuir an Dia do nach urrainn òr a theampuill féin a dhòn."

An sin thoisich Rabsaceh air bruidhinn ri muinntir Iudaih uile, air chùl an rìgh, mar tha a' Ghearmailt a' deanamh air an Radio anns na làithean so : "Chan 'eil ann an rìgh Heseciah ach rìgh gun arm, rìgh anfhann an coimeas ri Senacherib aig a bheil arm a cheannsaicheas an saoghal ; chan urrainn Heseciah bhur saoradh á láimh rìgh Asiria ; mar sin bithibh glie agus na seasamh a mach an aghaidh Shenacherib, ach géillibh dha."

An uair a dh' innseadh do Heseciah na cumhachan a bha Senacherib a' dol a chur air fhéin agus air a dhaoine, agus a' bhòilich agus am macidheadh a rinn Rabsaceh mu Shenacherib agus an t-arm cumhachdach a bha aige, reub e 'aodach, agus chaidh e do thigh an Tighearna.

Ann an tigh an Tighearna fhuair e solus agus comhairle, is chuir e fios gu Isaiah, am fàidh, a' caoidh cor a dhùthcha, agus an tàir

agus am masladh a rinneadh oirre, agus ag iarraidh air ùrnuigh a dheanamh air a son.

Fhreagair am fàidh e, *Mar so tha Iehobhah ag ràdh, Na biodh eagal ort roimh na briathran a chuala tu, leis an d' thug òglaich rìgh Asiria masladh dhomhsa ; feuch cuiridh mise spiorad ann, agus cluinnidh e ionradh, agus pillidh e d'a thèir féin, agus bheir mise air tuiteam leis a' chlaindeamh 'n a thèir féin.*

Chan e mhàin gu bheil a' Ghearmailt an diugh na's làidire na bha Asiria ach tha i a' deanamh tair agus masladh air rioghachdan eile nach do rinneadh riamh air daoine no air dùthchannan. Chan 'eil cannt aig daoine réidh ams an gabh gniomharan olc na Gearmailte innseadh ; breugan, mort, sannt, fòirneart air comhearsnaich lag agus neoch-iontach, agus maoidheadh gun sgur air gach duine, no comunn, no dùthaich, air am maith leatha eagal a chur ; na'n robh sin air a dheanamh le duine a b' aithne dhuit cha bheireadh tu air làimh air, is theireadh tu nach biodh de bhathais aige e féin a nochdadh am measg dhaoine críosdail. Ach chan fheàrr ach gur miosa an gnothuch, agus gur mò an näire, gu bheil so air a dheanamh chan ann le aon duine ach le ceithir ficead muillean Gearmailteach a tha a' deanamh ùmhlachd do Hitler mar dhia.

Ach buidheachas do Ni-maith tha aon dùthaich agus aon sluagh anns an t-saoghal air nach 'eil eagal seasamh an aghaidh fòirneart agus làmhachas-làidir na Gearmailte. Chan e nach 'eil cùis-eagail ann, oir tha an nàmhaid làdir, agus innleachdach, agus diorasach, agus borb, ach b' fheàrr le muinntir Shasuinn agus Albann an cuij agus an inbhe a chall na gu'n cailleadh iad an saorsa, no gu'm biodh iad fo chasan spùinneadairean.

Ma tha e 's an dàin gu'n téid iompairreachd Bhreatuinn sìos ciod an dòigh anns am b' fheàrr dhi dol sìos na buille-bhàis fhaotainn a' cothachadh air son nan nithean d' an robh i riamh dileas, a dh' aindeoin a h-uile sheachraanaibh, *firinn agus saorsa ?*

Ach tha dòchas maith againn nach téid Breatuinn sìos, ach bithidh an cogadh fada agus uamhasach, agus feumaidh sinn uile misneach a bhi againn agus gun sinn fhéin a ghearan ged thigeadh na soithichean-adhair m' ar cinn. Ciod e ar beatha-ne seach gu'm biodh buaidh aig Breatuinn anns an obair uasal ris an do chuir i a làmh le eagal ach gun gheilt no ath-chomhairle ?



# Ceist an Iudhaich

*Le W. B. H.*

CHA do dhíchuimhnich mi riamh rud neónach a thachair dhomh o chionn móran bhliadhnachan ann an carbad-iaruinn eadar Dùn-eideann agus Glaschu. 'N a shuidhe làimh rium bha Iudhach òg tapaidh as na Gorbals, an Glaschu, agus m'am choinneamh soisgeulaiche á China, duine òg tálantach a bha aig an tigh air fòrlach.

Chaidh an dithis an seanchas ri chéile mu nithean spioradail, agus chòrd e rium gu h-anabarrach a bhi cluintinn an t-soisgeulaiche a' toirt fianuis mu Chriosd do dhuine a bha a chridhe cruadhaichte an aghaidh firinn an t-soisgeil.

"An urrainn thu innseadh dhomh," ars an t-Iudhach, "aon rud a rinn an Criosd so a tha thu a' moladh air do shon féin?"...

"Is urrainn," ars an soisgeulaiche.

"Ciod ma ta, a rinn e dhuit?" ars an t-Iudhach.

Anns a' mhionaid fhreagair an soisgeulaiche, agus cha do dhíchuimhnich mi riamh an rud a thubhairt e, "Thug Chriosd," ars esan, "gu Dia mi, is theagaisg e dhomh co-chomunn fhaotainn ri Dia."

"An aithne dhuit-sa 'n ad fhiosrachadh féin," ars esan ris an Iudhach, "ciod a tha e a' ciallachadh do dhuine co-chomunn a bhi aige ri Dia?"

Rinn an t-Iudhach snodha gáire, is chrath e a cheann; "chan aithne," ars esan.

"O, chan aithne," ars am soisgeulaiche, "agus chan fhaigh thu fhios air gu bràth an taobh a mach de Chriosd, oir thubhairt esan, "Is mise an t-slige . . . cha tig neach air bith chum an Athar ach tromham-sa."

Cuimhnich, a leughadair, gu bheil sin a cheart cho fior d' ad thaobh-sa's a bha e a thaobh an Iudhaich ud. Is ann tre Iosa Chriosd, agus tre Iosa Chriosd a mhàin a gheibh thu co-chomunn ri Dia.

## Tha feum agad air Dia.

Bu mhaith leam, mata, anns a' cheud àite a ràdh riut gu bheil feum agad air Dia. Is e an t-uireasbhuidh as mò 'n ad bheatha, Dia. Tha tu a' faireachduinn gu bheil ficead rud 'g ad dhìth anns an t-saoghal so, is theagamh gu bheil sin fior, ach tha aon ni feumail, agus gus an dean thu roghainn de'n ni sin cha bhi do chridhe riaraichte gu bràth.

Is e an t-iarrtas a tha ann an cridhe mhic an duine air Dia an comharradh as cinntiche air an uaisle agus an inbhe a bhuineas dha gu nàdurra; is e an t-iarrtas sin a tha 'g a dhealachadh o na h-ainmhidhean. Chan urrainn mac an duine gun bhi a' smuin-

eachadh air Dia, chan urrainn e gun bhi 'g a iarraidh, oir is ann bho Dhia a thàinig e, is cha bhi a chridhe aig fois gu bràth gus am faigh e fois ann an Dia.

Is e sin an t-aobhar gu bheil daoine cho neo-fhoisneachail 's a tha iad. Chan 'eil creutair eile air aghaidh na talmhainn cho neo-fhoisneachail ri mac an duine. Car son? Tha, a chionn gu bheil tart 'n a anam an geall air Dia. Tha creutairean na machrach, crodh agus caoraich, riaraichte agus foisneachail ma gheibh iad biadh gu leòr agus comhfhurtachd, oir cha do chruthaicheadh iad air son crìoch as àirde, ach cha riaraich sin mac an duine, oir bha esan air a chruthachadh air son na crìche so, Dia a mhealtainn agus co-chomunn a bhi aige ris.

## Truaghe an duine.


Tha truaghe an duine ag éirigh o'n anfhois a tha 'n a chridhe, a chionn gu bheil tart 'n a chridhe an geall air Dia, ach tha an truaghe so fhéin 'n a chomharradh air an inbhe a tha aig mac an duine gu nàdurra os cionn nan uile chreutairean uile. A dh'aindeoin gach ni eile a dh' fhaodas e fhaontainn anns an t-saoghal so cha bhi e gu bràth toilichte no aig fois gun Dia.

Na h-abair, a leughadair, nach 'eil an so ach cainnt mhiniestarán; chan 'eil mi ag ràdh facal ach an fhìrinn lom, firinn a tha air a dearbhadh ann an eachdraidh an t-saoghal, o làithean an fhìr a sgrìobh leabhar Ecclesiastes gus an là diugh. "Diomhanas nan diomhanasan," ars esan, "is diomhanasan na h-uile nithe."

O chionn beagan ùine chunnaic mi dithis dhaoine nach fhaca mi riamh roimh. Is e an solus a bha dealradh 'n an gnuis a tharr-uing m' aire 'g an ionnsuidh, solus a bha ag innseadh gu soilleir gu robh sìth agus suahmmeas aca's an taobh a stigh. Agus na'm feòraicheadh tu de'n dithis ud c'aite an d' fhuair iad an sith agus an sonas theireadh iad le aon ghuth, "Fhuair o Iosa Chriosd." Ach a thuilleadh air an dithis ud tha na miltean anns an t-saoghal a b' urrainn a ràdh,

Chum Iosa thàinig mi mar bha,  
Sgìth, sàruicht', agus trom,  
Is fhuair mi ann-san ionad-tàimh,  
'S air m'aigne chuir e fonn.

Ni Chriosd sin air do shon-sa, a leughadair, ma leiges tu leis. Car son nach leigeadh tu leis a dheanamh an diugh fhéin!





## Crann nam buadh

*Tha Dia a' moladh a ghràidh féin dhuinne, do bhrigh an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich gu'n d'fhuiling Criod bäs air ar son.— ROM. v. 8.*

BHO chionn mìle bliadhna, seadh bho linn nan abstol, tha daoine glie is ionnsaichte a' feuchainn ri thuiginn ciod an ceangal a tha aig bäs Chriosd ri maitheanas peacaidh, no ciod an seagh anns am faodar a ràdh, gur e bäs Chriosd clach-stéidh ar creidimh agus ar barantas gu'n do choisinn e dhuinn réite ri Dia. Ach ciod air bith an fhreagairt a bheirear do na ceistean sin, tha so fior co dhiù, nach robh agus nach 'eil cumhachd eile air an t-saoghal cho làidir ris a' chumhachd a tha anns a' chrann-cheusaidh. Chan'eil aig daoine ach a dhealbh fhaicinn ri taobh an Rathaid, crois a chuireas Calbhari 'n an cuimhne, agus ni e maoth cridheachan a tha cho cruaidh ri cloich.

Tha smuaintean dhaoine mu phuingean creidimh agus mu'n àite a tha aig bäs Chriosd ann an obair na slàinte ag atharrachadh o linn gu linn, ach chan ann ann an smuaintean dhaione a tha cumhachd-teàrnaidh ach ann an crann nam buadh e féin. Ann an strì am beatha agus aig uair am bàis togaidh daoine an stíulean ris a' chrann sin, oir tha iad a' faicinn ann làmhan Dhe sìnte a mach ann an gràdh, a' beannachadh a chloinne agus a' gul os an cionn. *An neo-ni e dhùibhse, o sibhse uile tha gabhail seachad? amhaircibh agus faicibh a bheil*

*dòilgeas sam bith cosmhuil ri mo dhoilgeas-sa, deir an Tighearna.*

Tha Dia a' dearbhadh a ghràidh dhuinne do bhrigh, an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich, gu'n do bhàsaich Criod air ar son. Chan urrainn daoine teagamh a chur ann an cumhachd Dhe no ann an glicias Dhe oir tha cumhachd is glicias an Tighearna air an sgriobhadh air aghaidh na talmhainn; anns na creagan, agus anns na nèamhan, cho soilleir 's gur léir do gach sùil iad. Ach tha e furasda gu leòir do dhaoine teagamh a chur ann an gràdh Dhe oir chan'eil fianuis a' chruthachaidh idir cho soilleir uime sin. An dara uair saoilidh tu gu bheil an cruthachadh ag innseadh gu bheil bàigh is gràdh is caomhalachd ri cloinn-daonna ann an eridhe a' Chruithfhir, ach an uair eile saoilidh tu gu bheil an cruthachadh ag ràdh gur coma leis a' Chruithfhear co dhiu a tha eridheachan chloinn-daonna sona no leònta, no eo dhiu a roghnaicheas iad fireantachd no eucoir. Mar sin thug Dia comharradh cinnteach do'n t-saoghal air a ghràdh siorruidh féin, crann-ceusaidh a mhic.

*Cia an-mhòr tròcair Dhia nan gràs:*

*Cia pailt a ghràdh is 'iochd,  
A thug a mhac mar iobairt suas,  
A dh' fhlolang truaigh 'n ar riochd.*

## Aig an Uinneig

**An t-Urramach Daibhidh MacDhonnchaidh.**


BHA mòran Ghàidheal, gu sònraichte an Ile agus an Dùn-éideann, duilich a chluinntinn gu'n do shiubhail an duine còir so ann an Craoibh o chionn ghoirid. Bha e tri fichead 's a deich.

Rugadh an Ile e; bha e air oilleanachadh an Glaschu agus an Dùn-éideann, agus thug Cléir Mhuile cead searmonachaидh dha an 1897. An déidh dha bhi greis 'n a fheareideachaidh an Cinn-chardain, an sgìr Obar-neithich, bha e air a shuidheachadh an Uidhist a Deas an 1900; á Uidhist chaidh e do eaglais an Naoimh Tomas an 1908; á Glaschu chaidh e do Dhùn-tochar, an Cléir Dhùn-Breatunn an 1913, agus ceithir bliadhna 'n a dhéidh sin chaidh e do North Esk, dlùth

air Dùn-éideann, far an do shaothraich e gus an do shiubhail e.

Bha e pòsda dà uair, is dh' fhàg e teaghlaich 'n a dhéidh, dà mhae tha mi an dùil.

'Na phearsa bha e 'n a dhuine eireachdail, mór agus fuasgailte agus direach, agus bha e a cheart cho gasda 'n a nàdur. Cha robh aige ach seasamh air àrd-ùrlar aig coinneamh Ghàidhealach air bith agus thigeadh gean air a chuideachd cho luath 's a chitheadh iad am flath a bha air aodann. Bha e 'na fhòr Ghàidheal, eudmhòr anns gach cùis a bhuineadh d'ar tir no d'ar càin, agus bithidh ionndrainn air ann an iomadh Comunn Gàidhealach an Dùn-éideann anns an robh e 'n a thaic agus 'n a chomhairliche maith.



Cha do chuir Daibhidh MacDhonnchaidh a mach air duine eile riamh; bha e cho suairce agus cho réidh 'n a nàdur 's gu'm fàsadh daoine cas sìtheil 'n a chuideachd a dh' aindeòin an eridhe. Cha do leig e riamh le ro-chùram no usaид a shith no a shocair a mhilleadh; cha mhò a bhiodh a shùil daonnan air an uaireadair an uair a bhiodh e féin no neach eile a' seanchas, ach mur robh suim aige do'n uaireadair bha suim aige do nithean as fheàrr, companas agus bràithreachas agus caidreamh blàth.

Cha b'e a shearmonachadh no a thàlantan a choisinn dha gean-maith mhiniestarán eile, no am meas a bha aig a choimhthionail féin air, ach an eridhe blàth agus a' ghnè uasal a bha ann gu nàdurra. Duine gaolach réidh; gun cheilg, gun chabhaig, gun ghò, b'e sin Daibhidh MacDhonnchaidh.

### **Seòras Marjoribanks, an Sonachan.**

Ged nach bu Ghàidheal Seòras Marjoribanks a thaobh a dhùthchais bha a leithid de ghaol aige air ar dùthaich agus air ar cànan 's gu'm bu mhaith leam a chuimhneachadh gu

blàth air an duilleig so. Fior dhuin-usaal a bha gaolach agus treibhdhireach 'n a nàdur, gun mheud-mhór no spagadagliog, agus cho seasmhach 'n a fhacal ri Cruachan.

Chuir e seachad a' chuid mhór d'a bheatha anns na h-Innsibh an Ear, ach an uair a leig e dheth obair, agus a rinn e a chòmhnuidh anns a' Ghàidhealtachd, chuir e roimhe gu'n ionnsaicheadh e Gàidhlig, agus an tìne ghoirid labhradh is sgrìobhadh e Gàidhlig cho maith 's gu'n saoileadh tu gu robh i aige riamh. Tha gu leòir de dhaoine leis am bu toil Gàidhlig a bhi aca ach leis nach toil dragh no saothair a ghabhail 'g a h-ionnsachadh, ach dhearbh Seòras Gallda, mar theireadh e ris fhéin, gu robh gaol aige air a' Ghàidhlig leis an an t-saothair a ghabh e 'g a h-ionnsachadh.

Bithidh ionndrainn againn uile air an duine ghrinn so, ach bithidh ionndrainn as mó air anns a' Chomunn Ghàidhealach agus am measg "Clann an Fhraoich." Tha aobhar aig a "chloinn" a bhi a' caoidh an athar, oir bha iad dha mar anail a bheatha.

## Litir Gaisgich gu a Mhàthair


*(Air a tionndadh gu Gàidhlig le Eachann MacDhùghaill, an Glaschu)*

BHA an litir a tha air a foillseachadh an Gàidhlig an so air a sgrìobhadh le gille òg a bha am Feachd-adhair an Rìgh anns a' chogadh a tha a' dol air aghaidh an ceartair. Sgrìobh e i an uair a bha e gun chnead gun dochunn, le intinn bhreithneachail, stéidheil, a' cath as leth a dhùthchean. Is ann, mar a chithear, gu a mhàthair a bha i air a sgrìobhadh; ach cha do chuir e chuice i aig a' cheart àm anns an d'thàinig i bho a làimh. An àite sin dh'fhàg e òrdugh is seòladh gu'm biodh i air a cur 'na làimh na'm b'e agus gu'n cailleadh esan a bheatha anns a' bhlàr.

Bho chionn beagan tìne air ais fhuaras farbhaic bho Riaghaltas an Fheachd Adhair gu'n robh an gille so gun sgeul-mhaireann air, agus gur dòcha gu'n do chaill e a bheatha anns an strì; agus mar sin, a réir an òrduigh a rùnaich e féin, chaidh an litir a dh'fhàg e a chur gu a mhàthair. Chaidh an sin a foillseachadh anns a' phaipear naidheachd, an "Times," agus is coltach gu'n do tharruинг i mór aire, le buadh ana barrach aig a briath-rachas air na leugh i. Chaidh eadhon a

foillseachadh am paipearan eile 'na dhéidh sin; agus tha i an so a nis air a toirt am follais ann an Gàidhlig, oir tha sinn am beachd gu bheil smuaintean innse is cinnteach a ruigeas cridheachan, agus a thig a réir intinnean iomadh màthar eile, pàrтан an coitcheannas cho math ri càirdean eile a dh'fhàg iadsan a thuit anns a' bhlàr 'nan déidh. So agaibh, mata, an litir.—

"A Mhàthair Ghràdhach,—Ged nach 'eil mise a' toirt fa-near aon smuain no dùil air droch ni sam bith a bhi anns an dàn dhomh aig an àm, tha mi a' faicinn gu bheil atharrhaichean is glasasanad a' tighinn oirnn cho ealamh agus gu bheil mi a' gabhail eala air an litir so a bhi air a cur chugaibh ma's e agus gu'm faod e tachairt nach till mi bho aon no aon-eigin eile de na cuairtean adhair anns am bi sinn ag gabhail cùis an tìne gheàrr. An déidh dhuiibh an litir so fhaontainn 'n ur làimh feumaidh sibh bhur dòchas a ghleidheadh beò fad mòsa; ach aig deireadh na h-ùine sin faodaidh sibh a ghabhail gu cridhe gu'n do dh'aisig mise mo dhleasnas do làmhan coilionta mo chompanach anns



an Fheachd Rìoghail Adhair, eadhon mar a rinn iomadh sonn suairee a bhàrr orm mar tha.

Anns a' cheud àite, is cinnteach mi gu'm bi e 'na mhór chomhfhurtachd dhuibhse fios a bhi agaibh gu'n robh dleasanais árda an earbsa riomsa anns a' chogadh so. Chuidich na 'buidhnean anns an robh mi am mach anns a' Chuan Thuathach ann a bhi a' gleidheadh nan slighean malairet fogsailte do ar lungeis is do'n chabhlaich-mhara ; agus air aon tarruing dhearbh an fhorbhais a bha sin comasach air a sholar a bhi 'na mheadhon air beatha dhaoine a theàrnadh ann am bàtfreasdail nan tighean-soluis a bha air a cur bho fheum.

Ged a tha làn-fhios agam gu'm bi an ni sin duilich dhuibhse a dheanamh, dh'aslaichinn oirbh a nis a ghabhail gu cridhe gu'n cuireadh e campar ormsa a bhi a' smaoineachadh gu'n sealladh sibhse air chùisean mar a thig iad mu'n cuairt an dòigh sam bith eile ach le intinn shuidhichte ; oir bithibh cinnteach gu'n dean mise mo dhleasanais cho fada 's a bhios sin 'n am chomas : chan 'eil aon ann is urrainn an còrr a dheanamh, agus cha mhò is làn dhuine esan leis am foghainn na's lughla.

Bha meas mór agam riagh air bhur n-àrd mhisneach ann a bhi a' cur aghaidh air gach enap-starra a thigeadh 'n ur rathad, an dòigh anns an d'thug sibh dhòmhsa sgoil is ionnsachadh cho deas 's a bha air a luigh-easachadh do aon eile anns an dùthaich ; agus fad na h-ùine sibh ag cumail suas bhur cinn féin de'n amal gun bhur n-earbsa no bhur dùil a chall a thaobh an ama a bha air thoiseach oirnn. Ach, ged tha, na saoilibh gu bheil mo bhàs-sa a nis a' ciallachadh gu'n robh bhur strì as mo leth gun stà ! Is fada bhuaith sin e. Is ann a tha e a' ciallachadh gu'n robh am féin-àicheadh a rinn sibhse eadhon co-ionnan ris na rinn mise as leth mo dhùthcha. Is e mo shàr-bheachd nach bu chòir gu'm biodh sùil aon sam bith a dh'iocas ni air sgàth a dhùthcha ri duais a thighinn 'na chois : tha sinn a' call ar meas oirnn féin mur 'eil sinn a' sealltainn air ar dùthaich air mhodh na's àirdé na mar ionad anns an ith is an caidil sinn !

Tha sinn an diugh le ar n-aghaidh ris an teugmhail is an dùibhlain as dòbhaidh a sheas riagh f'ar comhair, is sin bho nàmhaid a dh'éirich gu cath a chur ruinn le aonachas a tha ana-cneasda, agus gu coichead a chur air a' chreideamh Chriosdaidh is gach càlachadh a rinn an cinne-daonna bho'n a


chruthaicheadh an saoghal ; agus tha mise 'g am chunntas féin an ceum an rath ann a bhi aig aois duineala is làn-uidheamaichte gus mo neart a thoirt do'n stri air taobh a' cheartais. Agus an so, mar an iomadh seòl eile, tha mo bhuidheachas agaibhse a dh'aiseig dhomh is a chuir fo m' chuimrig an comas sin.

Ach fathast tha an tuille saothair ri a tagar bhuibhse. Tha an dachaидh r'a cumail gun bheum is gu làdir air a bunait, agus aonaichte ré nam bliadhnachan a tha air thoiseach oirnn an déidh do'n bhuaidh-làraich a bhi air a toirt a mach anns a' chogadh.

A dh'aindeòin gach ni a theirear 'na aghaidh, is e mo bheachd-sa gu bheil fheum féin anns a' chogadh. Tha an comas aig gach aon fa-leth, co-ionnan ris na martaraich bho shean, gu seasamh suas le a bheatha 'na làimh, agus as leth a' cheartais an aghaidh an droch cumhachd so a thàirling oirnn. Agus ciod air bith cho fada 'g am bi an tìne gus an crath sinn dhinn an cumhachd so a leum oirnn, tha aon ni nach gabh atharrachadh, agus is e sin gu bheil mo bheò agamsa mar Bhreatannach ; agus coinnichidh mi ri m' bhàs anns an spiorad sin. Chan fhiach dad eile tromp gun teanga, agus chan atharraich e ni !

Chan 'eil math dhuibh a bhi ri bròn 'g am thaobh, oir ma tha sibh a' creidsinn anns an diadhachd agus gach ni a tha ar creideamh a' ciallachadh dhuinn, chan 'eil ann aicheadh air brigh ar beachdan. Chan 'eil eagal sam bith ormsa roimh an bhàs ; is ann a tha nàdùr de thogail intinn is de fhiughair air coir a ghabhail air m'aigne, agus chan iarrainn a bhi an atharrachadh beachd. Tha an cruthachadh is an cruinne-cé cho farsuing agus cho aos-làthach agus nach 'eil ach aon aobhar air gu'm biodh duine a' faotainn cothrom air a bhi beò idir, agus is e sin am feum a ni e dhe féin, is an dòigh anns an iobair e suas a bhith air sgàth ceartais. Tha sinn air ar suidheachadh anns an t-saoghal so gu a bhi a' faotainn bith is shubhailean, agus gu ar cuid féin a dheanamh dhiubh a chum is nach gabh iad toirt bhuainn. Chan 'eil iadsan a tha dìreach ag itheadh 's a' cadal, a' faotainn air an aghaidh, is a' gintinn an gné féin gu sitheil, gun dragh air an t-saoghal, agus gun an còrr ach sin, ach mar na h-ainmhidhean is bruidean na machrach.

Tha mi de'n làn-bheachd is de'n chinnt-bheachd gu bheil an t-olc air a chur do'n t-saoghal gu ar dearbhadh, gu bheil e air a chur a dh'aon rùn leis a' Chruitheir air a'



cheann shònraichte so, a chionn gur aithne dhàsan gu bheil ar dearbhadh mar so gu ar math. Tha am Biobull loma-làn de eiseamplairean air far a bheil an dòigh fhurasda gu faotainn am mach à staing air a tilgeadh an leth-taobh, agus an t-slighe a tha ceart, ach duilich, air a roghainn air sgàth fireantachd.

Tha mi 'g am chunntas féin fortanach ri linn is gu'n d'fhuair mi sealladh air móran de'n tir so, agus gu'n d'fhuair mi eòlas air daoine de gach ceird is inbhe. A nis, leis an uidheamachadh a rinn an cogadh air m'aighe mar cheann-fimid do m'oileanachadh, tha mi am beachd gu bheil mi air mo làn-fhòghlum. Mar sin, eadhon aig an aois aig a bheil mi, tha crìoch mo dhleasanais anns an t-saoghal so anns an amhare; agus tha mi deas air cheann bàis—ma's e sin mo dhàn—gun aithreachas, gun mo shùil am dhéidh ach air aon aobhar a mhàin. Is e sin nach do luigheasacheadh dhomh a bhi air m'fhàgail gu bhur làithean deireannach féin a bhi beagan na b'fhasa dhuibh le mi a bhi 'nur comunn is 'nam chul-taic dhuibh ann am feasgar bhur là. Ach bidh a nis bhur beatha saor dhuibh, agus bidh sìth agaibh; agus anns an t-suidheachadh sin anns a bheil sibh, bha mise rud beag 'n am mheadhon air sin a bhi mar bheannachadh agaibh. Chan 'eil an còrr, a nis, bhuam; agus mar sin cha robh mo chuairt anns an t-saoghal idir gun stà.

## BHUR MAC GRADHACH."

Sin agaibh, mar a tha mise a' creidsinn, smuaintean diomhair cridhe mic—gaisgeach gu chùl, ri aghaidh blàir. Is e gille Sasunnach a bha ann, aon de iomadh mile eile a bha is a tha a' cath anns an stri; agus tha a' mhacraidh Albannach againn féin uasal as an luigheasachadh a rinneadh dhoibh seasamh ri an taobh-san as leth a' cheartais. Seadh, sin agaibh smuaintean cridhe a' mhic Shasunnaich; agus gus an dealbh a tha mise a' feuchainn ri a tharruing a chur fo bhur comhair-se 'na lànachas, nach faodainn, a nis, smuaintean na màthar Ghàidhealaich, le a mac féin a' tarruing gu blàr, a chur sìos maille ris an litir ud. Chan fhios dòmhsha cò a' mhàthair a bha an so, c' uin a bha i beò, no ciod am blàr ris an robh a macan a' cuimseachadh a cheuma; ach tha dòchas againn gur ann as leth duinealais is air taobh a' cheartais a bha e air ti a lann a tharruing.

## ACHAN MATHAR ROIMH AN CHATH

(*Laoïdh a fhuair am fear nach maireann, Alasdair Mac Ghille Mhicheil, an ait-eigin.*)

"Tha an iùbhrach 's a' chuan, a ghràidh;  
Tha an tràigh làn de m' dheòir;  
Tha Cnoc na Faire 'na ghual, a ghràidh,  
Tha farum nan ràmh 'san òb.

Am fear nach till, a ghràidh,  
cha bheò, cha bheo!  
Am fear nach till, a ghràidh,  
cha bheò, cha bheo!

Tha sàir 'nan siubhal, a ghràidh,  
Mar ghàirich nan tonn;  
Is balbh an tuiream, a ghràidh,  
Is àrd am fonn;  
'S mur till thu tuillidh, a ghràidh,  
is geal bàs nan sonn.

Cha bhi màthair mo mhic 's an streup,  
Ach bidh Màthair Mhic Dhé 's an streup!  
O, a Mhàthair nan gràs,  
Fhuair do Mhac-sa tàir agus teum:  
Na leig air macan mo ghràidh  
lapan am blàr nam beum!

Cha bhi athair mo luaidh 'san àr,  
Ach bidh Athair nam Buadh 'san àr.  
O, Athair na caoimh,  
Air sgàth do Mhic Naoimhe Cheusd',  
Na leig air gineamhuin mo chuim  
masladh air luim an eíg!

Cha bhi comhdhalta m'ògain 'sa' bhlàr,  
Ach bidh Comhdhalt' nan ònrach 'sa' bhlàr.  
O, Iosa, a Mhic mo Dhé,  
Ort féin rinneadh an tàir:  
Na leig air muinghinn mo chléibh  
reubadh am beum nam blàr!

Cha bhi Brianag mo rùin 's an triall,  
Ach bidh Spiorad an iùil 'san triall.  
O, a Spioraid Naoimh na treòir,  
A lòchrain fòil nam fial,  
Na leig air ionmhuinn mo chrò  
Bhi 'na dhallaran-ceò 'san triall!

Dh'fhalbh thu, a mhacain mo ghràidh,  
Tha do dhàn an sgàil an sgeò;  
Tha reul na h-oidhche fo smál, a ghràidh,  
Tha Caoineag nan càrn fo bhròn.

Ma's bàs dhuit, a leanaibh mo ghràidh,  
biadh do chadal air làimh na h-Oigh;  
Ma's bàs dhuit, a leanaibh mo ghràidh,  
biadh do chadal air làimh na h-Oigh!"



# Sceillig Mhìcheil

*Le Calum Mac Gilleathain, M. A., anns an Toisigheachd*

SO aon de fhìor eileanan iomallach a chuain a tha mu astar mìle a mach o Cheann Bhòlaig an Ibh Ràthach air fior cheann an iar-dheas Eireann. Ach tha dà eilean àraig ann, an Sceillig Mhór agus an Sceillig Bheag. Chan 'eil 's an Sceillig bhig ach staca lom corrach builleach, agus ged nach 'eil móran talaimh air an Sceillig Mhór chan 'eil i idir cho beag lom sin. Agus is ann air an eilean is mothà tha a' chunntais bheag so agam. Còmhnaid farsuinn àite air bàrr togte calaid creige.

Chan 'eil fhios agam dé a b'aobhar dha ach tha eileanan beaga creagach an caochladh àiteachan air còrsa an iar na h-Eòrpa air an ainmeachadh air Micheal. Tha iad so an Eirinn ann, tha carraig eile de eilean aca air ceann an iar-dheas Shasuinn, an Cornual; tha a samhuil eile air cladach Frangach, agus a samhuil eile air cladach Eadaileach. Chan 'eil fhios agam, ach a réir coltais bha na h-àiteachan ud ainmeil mu'n robh iad riamh Criodail. Is dòcha gur e an t-Ard-aingeal Micheal a tha 's an ainm. Cionnus, ma ta, a thigeadh a leithid de ainm chuca uile? Cò is urrainn a ràdh? Ach chan 'eil teagamh nach robh eòlas glan aig maraichean Thírúis agus Shidoen agus aig an sliochd, is e sin na Phoenicich agus na Cartagaich, air na cladaichean so againne air a bheil na h-ainmeannan.

## Aitean aoraidh.

Tha eachdraidh na h-Iar-Eòrpa againn 's na sgoilean a' tòiseachadh gu ro-mhinic le teachd nan Ròmanach agus le Iulius Caesar, ach tha fhios againn gu'n robh am Muir Meadhoin, agus eadhon iomallan a' Chuain Shiar, fo na ráimh aig seòrsachan eile dhaoine mu'n do thogadh riabhach 's an Ròimh. Faodaidh e bhith, ceart gu leòir, gu'n robh na h-eileanan creagach iomallach aig maraichean air tùs, mar a tha iad aca cheana fhéin, 'n an comharran 's 'n an treòir 's iad a' seòladh thairis. Tha tigh-soluis maith air Sceillig Mhìcheil a nis, fear cho féumail agus a tha air cladach Eireannach, agus tha amharus agam fhéin nach ann 'na nì tur ùr a tha solus na Sceillige. Agus is dòcha, a ris, gu bheil comh-cheangal eadar sin agus nì eile, gu'n robh an Sceillig Mhór 'na aite aoraidh, cian roimh linn Phàdraig. Tha nì éigin de ionghnadh agus de uamhann an taice ri sealladh àite mar an Sceillig, agus bu chruaidh an eridhe air nach cuireadh araon an Sceillig agus làraichean loma eile fàs a dh'fhàg na Draoidhean an Ciarrraig an Eirinn smuain.

An sud feadh cheudan bliadhna bha daoine cho dlùth air a' Chruthfhear agus a bheireadh na nithean a tha faiesinneach iad; mòrdhalachd is neart nan sléibhteann; farsuinn-eachd is méud a' chuain; aonaranachd is airde is tearmann binn cuan-eilean air a chuaireachadh air gach taobh le creagan cruaidhe ag éirigh o dhoimhne an dubh-aigein, agus a' toirt an dùblain do ionnsaighean garbha borba a' Chuain shiar air nach tig clos. Cò is urrainn a ràdh nach robh daoine 'n am measg sud, iomallach agus aineolach air móran a tha aig clann na sgoile bige nis agus mar a bha iad, a thàinig a steach fo'n fhacal aig Pòl agus e sgriobhadh.

"Oir riamh o chruthachadh an t-saoghal tha a nithe-san nach faodar fhacinn, eadhon a chumhachd siorruidh, air am faicinn gu soilleir, air dhaibh bhith so-thuiginn o na nithean a rinneadh." "Ach anns gach uile chinneach tha an neach air a bheil eagal-san, agus a tha ag oibreachadh fireantachd, taitneach dha."

Ach thainig, a réir a' gheallaidh, "Solus Mór," agus fhuair sliochd na draoidheachd èolas air "Glòir Dhé an gnùis Iosa Criod," agus ri linn Phàdraig dh'iompaicheadh Gàidheil na h-Eireann gu Criod. Bha àiteachan ann bu luaithe a thionndaidh na a chéile, agus is dòcha nach robh An Sceillig air an àite bu luaithe, ach thàinig "muinntir na carraige" gu bhith seinn cliu an t-Slànuigheir le an uile chridhe, agus thàinig an Sceillig gu bhith iomraiteach 's an Eaglais Eireannaich. Ghabh na manaich àite nan draoidhean. Bha mu thrì acraichean de thalamh réidh air an fhìor mhullach agus e uair-eigin 'n a thalamh-àitich, ach is dòcha gur ann á tir-mór a bha a' mhòr-roinn de am beò-shlàint a' tighinn. Cha robh an tìr sin fad air falbh; agus cha robh iasg na mara ach mu na creagan an còmhnuidh. Tha fìor-uisge ri fhaotainn an tobraichean air an fhìor mhullach.

Tha an Sceillig làn de sheann làraichean, cuiid aca, réir coltais, na 's sine na linn na Criodachd; làraichean bhothan; làraichean chaibeal; làrach manaistir; agus clachan aig am biadh naidheachd da rìribh na'n gabhadh i sgriobhadh. Tha clach ann agus bhithte a' dòrtadh fion aon uair 'sa' bhliadhna oirre; agus tha mi an dùil nach b'ann 's an t-soisgeul a fhuaireadh an cleachdadòr sin, agus tha mi an dùil gu'n robh an cleachadòr sin, ged is e bainne chruidh bu trice bhiodh aig daoine, a' dol air feadh na Gaidhealtachd 's gach linn, agus cha d' rachainn an urras



nach 'eil e déante fhathast, ged nach 'eil fhios aig daoine car son. Is e pàirt de'n t-seann aoradh phàganach a bha ann. Agus bha, agus tha, tuilleadh dheth ann. Sin aon nì bha duilich cur as da gu tur, gu h-àraid an uair a ghlac a' Chriosdachd seann ionadan aoraidh nan draoidhean.

### An turus.

Tha nì aca an Eirinn gu ruige so air a bheil "an Turus" aca. Bha sin cumanta riamh an iomadh cràbhadh ge b' e air bith dé an t-aïnm a bhiodh air. Is e an turus is iomraighe 's an t-saoghal an diugh an turus aig luchd-leanmhainn Muhamaid gu Mecca. Is iomadh sedlàdair Gàidhealach a dh-innseadh duinn an t-àmhgħar a tha aig daoine dubha is buidhe dheth a dol 'n am mìltean mile, agus cuid aca air fairge stoirmeil, feuch an ruig iad, aon uair de am beatha, priomh-chathair an cràbhaidh. Tha fhios agaínn gu'm bu nì coitchionn so's a' Chriosdachd 's an mheadhon-linn. Tha cuimhne agaínn air mar a bhiodh daoine á Albainn, mar sin, a' dol gu Ierusalem agus air mar a dh'fhaireadh sin air Brus. Tha cuimhne agaínn air an iomradh a dh'fhàg Chaucer air an turus gu Canterbury. Chan 'eil na turusan sin ann, mar sin, 's an Eaglais Phròstanaich, agus tha mi an dùil nach 'eil an call mór; tha e cho furasda iodhol-aoraidh a dheanamh de àite agus a tha e dheanamh de ni eile; agus is e an t-Abstol Pòl a thuirt am facial deiridh mu'n iodhol "Chan 'eil 's an iodhol ach neq-ni."

Cha robh Turús na Sceillige 'n a shùgradh. Gun tighinn air an aiseag bu ghnothuch gàbhaidh e cas is beatha fhaotainn air tir 's a' chreig, agus bu streup thapaidh e dhol suas aghaidh na creige gu a bàrr, gu h-àraid aig seann daoine is mnathan.

B'e deireadh iomlan an turuis seasamh air a' Bhior—stob caol fada mach o bhàrr an eilein os cionn na fairge, agus gun ach leud do dha bhròige 's a' bhior! Bha uair a bha an turus so cumanta an Deas-mhumhainn. Chan 'eil a nis.

### Làithean iargalta.

Tha seanchas nach beag o shean air an Sceillig. A réir sgeul nan seann Ghàidheal orra fhéin is ann as an Spàinnnt a thàinig iad gu ruige Eirinn, agus air an turus eile sin

bhàthadh Ir mac Miliadh aig an Sceillig. Co dhiu bhàth no nach do bhàth, is iomadh maraiche crodha a chaidh a bhàthadh aig an dearbh Sceillig. Chunnaic an Sceillig là garbh iargalta eile an uair a thug na Lochlannaich ionnsaigh oirre, mar a thug iad air gach nead Chriosdail eile air an ruigeadh iad. Is éigin nach robh e mar chleacdadh aig manaich a bhith deanamh cath no còmhrag, oir bu bheag a' ghaisce aig fir air an Sceillig daoine eile thigeadh o mhuij a chumail shòis. Thug iad a' cheud ionnsaigh oirre an 812. A' chuid de na manaich nach do mhort iad fhuair iad bàs leis an acras. An 823 thug iad an dara ionnsaigh oirre agus thug iad leotha an t-Ab, Eitgal, agus fhuair e bàs 'n am measg. 'S a' bhliadhna 838, air an treas ionnsaigh, loisg is sgrios iad gach nì a ghabhadh milleadh air an eilean. Ach cha do chuir sin crìoch air clu na Sceillige. Agus an uair a dh'iompaidheadh na Lochlannaich, mar a rinneadh, thug iadsan iad fein urram do'n àite. Tha cuid ag ràdh gur ann air an Sceillig a bhaisteadh Olabh Trigbhason, aon de righean móra Lochlainn; agus tha a leithid eile air aithris air Olabh òg, a mhac, neach a bha cho ainmeil mar Chriosdaidh agus gu'n robh a chliù air feadh an t-saoghal. Chan 'eil iomradh cinnteach agaínn air c'uin no car son a thréigeadh an Sceillig fa dheireadh. A réir coltais bha daoine inntu gu ruige 1300 is còrr.

Tha aon ni comh-cheangailte ris an Sceillig a chum ainn an eilein riamh buan an Eirinn. Is e manaich na Sceillige na daoine mu dheireadh an Eirinn a sheas an aghaidh na cunntais iùre a chuir a leithid de dhragh air an Eaglais Cheiltich, agus a rinn a leithid de bhuaireadh inntu mu laithean féille na Càisge. Agus d' fhàg sin uaireannan a' Chàisg air an Sceillig seachduin no dhà, is uairean eadhon trì, air dheireadh air a' Chaisg anns a' chuid eile de Eirinn.

Cha déante pòsad, 's an t-seann Eaglais, ri linn a' Charghais; ach duine nach biodh riaraichte leis an lagh sin an Eirinn cha robh aige ach a dhol chun na Sceillig far nach cuireadh an t-ám grabadh air; agus is ionnan "a dhol chun na Sceillig" an Eirinn agus a bhith tràth gu leòir! No bhith an àm an an-àm.

## An Tigh Mór nan uiseag

*Leis an Urramach Iain Mac-a-Phearsoin, M.A., an Tigh-an-wiillt*

THA fhios gu'n d'thug daoine eile cho math riomsa an aire cho cairdeil 's a tha daoine ri cheile aig àm mar so nuair tha sinn uile ann an cunnart: gheibh thu

am bochd 's am beartach, a' còmhradh ri chéile cho bràithreil 's gu bheil na seann ghàraidhean-crìche a bha eatorra air am briseadh sios.



Thachair a cheart ni anns a' Chogadh Mhór bho chionn sia bliadhna ficead air ais; gheibheadh tu an t-iochdaran 's an t-uachdaran 'nan seasamh ri guaillibh a chéile ri aghaidh na nàmhaid mar gu'm biodh bràithrean ann; 's e an aon seòrsa éididh a bha 'g an còmhdaich 's chan fhaiceadh tu eadar-dhealachadh sam bith eatorra, ach cho luath 's a bha an cunnart seachad bha na seann ghàraidhean-crìche air an togail a rìs. Ann an làithean na sithe chan 'eil an aon chàirdeas 's an aon bhràithreachas idir eadar am bochd 's am beartach.

Ach ma tha na nithean sin soilleir anns na bliadhnaagan so, bha iad móran na bu shioilleire bho chionn leth cheud bliadhna air ais; is gann a shealladh uachdaran air duine bochd, 's cha bu mhath leis idir gu'm biodh am bochd a' togail a chinn anns an t-saoghal, ach dh'fhalbh an latha sin 's cha till e. Car son nach coinnicheadh am beartach agus am bochd a chéile mar bhràithrean, nach e an Tighearn a rinn iad gu leir?

### Am ministear Gàidhealach.

Is e thug dhomhn tighinn thairis idir air na na nithean a dh'ainmich mi, sgeul a chuala mi bho dhuine firinneach bho chionn ghoirid air na droch làithean a dh'fhalbh; sgeul a dh'fag iomadh neach ann an sgír an Lagain-Mhóir fo phràmh.

Bha an sgeul air a h-innseadh le fear a chuir seachad iomadh bliadhna ann an tigh ris an canadh càch Tigh Mor nan Uiseag, a' toirt an aire air luchd-euthaich. Air an àireamh aca bha ministear Gàidhealach, 's bhiodh e air uairean a' dìchluimhneachadh c'aité an robh e, 's bheireadh e dhaibh searman math Gàidhlig mar gu'm biodh e a' teagast gu math cor nam bochd a bha ann an sgír an Lagain-Mhóir far an robh e air a shuidheachadh mar mhinistear an t-Soisgeil.

Cia robh anns a' mhinistear ach duine a thàinig bho dhaoin bochda 's bhris air a shlainte le anacothrom is eion airgid mu'n d'thug e mach fòghlum is aran glan. Uime sin bha e a' tuigsinn gu math cor nam bochd a bha ann an sgír an Lagain-Mhóir far an robh e air a shuidheachadh mar mhinistear an t-Soisgeil.

Cha robh e idir a' creidsinn gur e ni ceàrr a bha ann do dhuine a dhol gu loch no gu abhainn a dh'iasgach, 's breac no bradan a thoirt dhachaidh. Bha e féin gle dhéidheil air iasgach 's cha robh cothrom a gheibhadh e nach biodh e mach le shlait, 's cha do smuainich e riagh gu'n robh e a' deanamh

ni ceàrr. Theireadh e féin, "nach e Dia a chuir am fiadh anns an fhireach, an t-iasc anns an uisce, 's an t-eun air sgéith, air son biadh do'n duine, 's chan'eil spéis aige do phearsa duine seach a chéile?"

Chual an t-uachdaran na beachdan a bha aig a' mhinistear agus an teasgag a bhiodh aige air féidh 's air bric is bradaid, 's bhòidich e na'm faigheadh esan greim air, air na h-uisgeachan aige-san, gu'n deanadh e ball-sampuill dheth ann an Tigh-na-Cuirte.


### Am Ministear agus am bradan.

Aon latha thug am ministear leis an t-slat-iascaich aige, 's gu'n sireadh gun iarraidh thog e air gu Abhainn-nam-Breac Reamhar. Bha gaotth is grian 'n a fhàbhar, 's an t-iasc a' gabhail gu mhiann, ach mar bha mi-fhortan an dàn thàinig an geomair air, 's thug e uaithe an t-slat 's an t-iasc. Chan fhòghnadh ach am ministear a tharruing gu cuirt.

Nuair thàinig an latha mór chruinnich gach sean is òg 's an sgír do Thigh-na-Cuirte feuch am faiceadh 's an cluinneadh iad air an son féin gach ni a thachradh. Nuair shuidh a' Chùirt labhair fear-lagha an uachdaran gu sgaiteach an aghaidh a' mhinisteir, 's thuirt e gur e ni nàrrach maslach a bha ann fear a chòta 's a dhreuchd a bhi air a ghlaicadh ri gadachd, 's chan e a mhàin sin ach bha e a' eur dhaoine eile air seachran le teagast nach robh aon chuid ceart no fallain. Thuirt e nach biodh ceartas air a riarachadh na'm faigheadh e as le cùin. Is e am bun a bha aig a' chuis gu'n d'fhuair am ministear còig latha deug priosain.

Nuair chunnaic e mar dh' éirich dha thòisich dragh intinn air, 's cha robh e a' faontainn cadal na h-oidhche air leaba chruaidh a' phriosain, 's mu'n d'thàinig ceann nan còig latha deug chaidh e as a rian, 's dh'fhalbh iad leis do Thigh-mór nan uiseag far an do chuir am fear a dh'innis an sgeul air tùs èolas air.

Bha e gun lochd do neach fo'n ghréin, ach nuair bhiodh a' ghealach na h-aird dh'fheumadh iad stùl a chumail air mu'n deanadh e cron air féin. Bhiodh iad 'g a chluinniinn air àm mar sin a' glaochadh gu h-oillteil, "tha thu agam a nis, so an turus air nach téid thu as, bidh am bradan daor dhuit, eucoraich tha thu ann!" An sin leumadh e air fhaileas féin leis na dùirn, 's dùil aige fad na h-ùine gur e an t-uachdaran a bha aige.



## Na gillean Gàidhealach.

Bha dithis de ghillean Gàidhealach 's an Tigh Mhór a bhiodh a' dol a mach air sràid le mu dhà fhichead de na daoine air son gu'n enàmhadh iad am biadh agus gu'm faigheadh iad féin is càch fois na h-oidhche. Air amannan gheibheadh iad cead sudhe ri taobh an rathaid mhóir a leigeil an analach, oir ged bha na cinn aca uile gu math eutrom bha na casan aig móran dhiubh air fas slaodach trom. Thàinig iad do Thigh-Mór nan uiseag á h-iomadh àite agus air iomadh dòigh; cuid a chuir an gaol ann, 's cuid a chuir an saoghal ann; cuid a chuir an daorach ann, 's cuid a chuir an daolaireach ann, cuid a chuir an creideamh ann, 's cuid a chuir an teagamh ann; cuid a chuir àmghair ann 's cuid a chuir tàmailt ann, 's air aireamh na feadhnaich mu dheireadh bha fàth mo sgéil, fear na casaig. Gle thric nuair gheibheadh e càch 'n an sudhe cruinn còmhla bheireadh e searmon dhaibh anns a' Ghàidhlig bhinn blasda a fhuaire e leis a' bhainne 'n a dhùthach féin.

Aon latha Sàbaid ann am meadhon an t-samhraidh bha an dà cheannard a mach air sràid le mu dhà fhichead dhiubh, 's bha am ministear air an àireamh. Nuair chaideadh iad mu thrì mìle fhuar iad cead sudhe. Bha am baile-mór a bha mu thrì mìle uatha 'na laighe gu tosdach, oir b'e Di-dòmhnaich a' chadail mhóir a bha ann. Bha sàmhchair an àigh thairis air an dùthaich gu léir mar gu'm biodh i 'n a cadal; cha chluinneadh tu glag ùird no ùpraid air bith; cha robh ni r'a chluinntinn ach torman binn nan allt, no cèol nan eun air bharraibh nan geug.

## Searmon a' Mhinisteir.

Thuirt cuideigin, "nach toir thu dhuinn searmon, a Mhinistear, o'n tha a' Ghàidhlig aig a chuid mhór dhinn!"

Dh'éirich am ministear gu stòlда, 's ghabh e null gu tolman uaine beagan air leth bho chàch, agus thuirt e gu sòluimte, "deana-maid ùrnuigh."

"O Dhe naoimh agus uile bheannaichte, ar n-Athair a ta air nèamh, tha sinne 'g ar sleuchdadh féin 'na do làthair air an latha an diugh 's 'g ad chliùthachadh air son gach coibhneis a tha thu nochdadadh dhuinn gach là.

Chruthaich thu sinn ann ad iomhaigh féin, agus chuir thu anama beò air ar siubhal a chum èdas a ghabhail ort, ach ghluais sinne mar dhaoine air an toil féin.

*Tha sinn 'g ad mholadh nuair dh' amhairceas sinn mu'n cuairt oirnn air obair do làmh; chruthaich thu an talamh is a làn, an domhan 's na bheil ann; chuir thu gach eun is iasg is beatach eile a chruthaich thu fo cheannsal mhic an duine, s mar sin thug thu còir dha orra. Chuir thu a' ghrian anns na speuraibh air son soluis rè an là, agus a' ghealach 's na reultan air son soluis rè na h-oidhche.*

*Tha sinn 'g ad chliùthachadh air son maise nan craobh, 's airson gach lus is flùr tha fàs air raontan gorm an àigh; air son sàmhchair nam beann is toradh trom nan gleann.*

*O Dhe ghràsmhor, tha sinn a' togail ar sùilean suas le taingealachd air son gach sochair a tha thu a' buileachadh oirnn, ach os cionn gach ni a thug thu dhuinn tha sinn 'g ad mholadh air son mac do ghràidh a thàinig a dh'ionnsuidh an t-saoghal 's a dh'fhuiling am bàs air ar son-ne, ach a tha beò aig do dheas làimh gu bhi a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son ann an cùirtibh na glòire.*


*Thoir dhuinn an diugh a bhi togail ar sùilean suas a dh'ionnsuidh nan nithean a ta shuas air nach tig atharrachadh no caochladh a chaoidh. Anns an t-saoghal so tha sinn a' faicinn caochlaidhean air gach taobh dhinn, ach cha tig caochladh ortsa, oir is tusa an t-aon ceudna an dé, an diugh, agus gu siorruidh.*

*Athair na tròcair, stiùr agus treòraich ar ceum am feadh a ta sinn a' triall troimh an bheatha so gus an ruig sinn do làthaireachd ghlòrმhoir féin, far nach bi peacadh, no bròn, no bàs, agus far an tiormaich thu féin gach deur bho ar sùilibh.*

*A nis dhasan as urrainn ar coimheadh bho thuiteam, agus ar nochdadadh gu neochoireach an làthair a ghàidhre le-h-aoibhneas ro mhór; do'n Dia a ta mhàin glic, ar Slànuighear gu robh glòir, agus móralachd, neart, agus cumhachd, a nis agus gu siorruidh. Amen."*

Nuar bha an ùrnuigh eriochnaichte sheall e mu'n cuairt air a' choimhthional, agus thuirt e gu sòluimte, "bu mhiann leam an diugh facal no dhà a ràdh ribh air a' cheann-teagaig, so."

"Feuch tha mi a' m' sheasamh aig an dorus agus a' bualadh; ma dh' éisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e an dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris agus esan maille riumsa."





## Sùil a' choigrich

*Ciod a chunnaic iad ann ad thigh?*—Isaiah xxxix., 4.

UAIR a bha Heseciah tinn chuir Merodach-baladan, rìgh Bhabiloinean, teachdairean agus tiodhlac 'g a ionnsuidh, a dh'innseadh dha gu robh e toilichte a chluinntinn gu robh e a' dol na b' fheàrr. Rinn Heseciah beatha nan teachdairean gu suairee, agus mar chomharradh air fhàbhar agus a ghean-maith, dh' fhosgail e dhaibh a lùchaint agus a thigh-armachd agus a thigh-tasgaidh, agus leig e fhaicinn dhaibh gach ni luachmhor a bha aige 'n a rioghachd.

Theaganmh gur e sin a bha 's an t-sealladh aig Merodach-baladan an uair a chuir e na teachdairean gu Heseciah, gu'm faiceadh iad ciod an t-ionmhas agus an armachd a bha aige.

Ach cha do thaitinn e ris an fhàidh Isaiah a chluinntinn gu'n d' thàinig teachdairean á Babilon air a leithid de thurus, agus chaidh e gu Heseciah is thubhairt e ris, " *Ciod a chunnaic iad ann ad thigh?*" " Chunnaic iad," arsa Heseciah, " a h-uile ni a tha 'n am thigh; chan 'eil ni ann nach d'fheuch mi dhaibh." " A dhuine ghòraich," arsa Isaiah, " thig an là anns am bi do mhic agus ionmhas do rioghachd air an giùlan air falbh gu Babilon"

. . . . .

Sin an t-seann naidheachd ach saoilidh mi gu'm faodar car ùr a thoirt dhi gun na Sgiobturan fhiaradh.

Na'n tigeadh coigrich as an àird an Ear do Bhreatunn, abair daoine cràbhach de'n chreideamh Hinduach, a dh'fhaicinn ciamar a tha an creideamh Criosduidh air a nochdadh ann am beatha làitheil an t-sluaigh, agus na'n robh e air iarrайдh ort-sa aoigheachd a thoirt dhaibh fad seachduin, ciod a chitheadh iad 'n ad thigh?

An e so an cunntas a bheireadh iad do na daoine aca féin an déidh dhaibh dol dhachaидh? " Bha sinn seachduin anns a' Ghàidhealtachd, a' fuireach le teaghlaich grinn, a nochd gach coibhneas dhuinn a ghabhadh deanamh; daoine cho laghach 's a thachair riamh oirnn. A réir choslais bha iad air an deagh dhòigh; air gach tràth-

bidh bha am bòrd air ar beulaibh air a chàrnadh suas le biadh is deoch, agus air a dheanamh rìomhach le soithichean airgid agus lin-anart geal. Bha leaba mhaith againn, agus seòmraichean-cadail glan, agus gach comhfhurtachd eile a bha feumail. Ach chan fhaca sinn dad de'n chreideamh no de'n t-seòrsa-aoraidh a tha aca, ma bhithreas iad ag aoradh do dhia air bith. Tha leabhar aca ris an abair iad " leabhar naomh," ach chan fhaca sinn iad 'ga leughadh; tha teampuill aca ris an abair iad eaglaisean, tighean fuer agus bochd, ach ged chunnaic sinn daoine eile a' dol a steach annta, cha deachaidh gin de'n teaghlaich ud do'n eaglais fad na h-ùine a bha sinn còmhla riu. Cha mhò chunnaic sinn iad ag ùrnuigh, no ag aoradh 'n an teaghlaich, no ag aideachadh Creideamh air bith. Tha là naomh aca ris an abair iad Di-dòmhnaich, no Sàbaid, no là an Tighearna, ach an àite dol do'n teampull air an là sin thug iad a mach sinn ann am motor càr a dh'fhaicinn na dùthcha, is chuir sinn seachad an là gu toilichte a' réiseadh sios is suas le luathas eagallach. Bha an teaghlaich ud a thug aoigheachd dhuinn anabarrach coibhneil agus blàth 'n am cridhe, ged nach faca sinn comharradh air bith gu robh iad a' creidsinn ann an dia, no ann an spiorad, no ann an saoghal eile."

Is maith coibhneas fhéin, agus is maith gu'm bitheamaid blàth-chridheach agus deas gu aoigheachd a thoirt do'n choigreach, oir is toradh an Spioraid iad ann an seagh fior, agus theaganmh nach 'eil neach air bith a' nochdadh spiorad Chriosd 'n a chaitheamh-beatha làitheil na's cinnichte na'n duine aig a bheil cridhe gràdhach coibhneil. Ach air a shon sin, chan abrainn teaghlaich Criosduidh ri teaghlaich air bith anns nach 'eil facial Dhe air a leughadh agus ùrnuigh air a deanamh ri Dia. Cuir thusa, a leughadair, a tha'n ad cheann-teaghlaich a' cheist so riut féin, Ciod a chitheadh coigreach ann am thigh-sa? Am faiceadh e tigh gun aoradh, agus gun ionradh air Dia; tigh anns nach faca a' chlann am pártanant riamh air an glùinean ag ùrnuigh. Mo thruaighe a' chlann aig nach 'eil an cuimhneachan sin o làithean an òige.

. . . . .

Cuir car eile anns an naidheachd, Ciod a chluinneadh duine 'n ad thigh na'n robh e ann fad seachduin? An cluinneadh e thu a' bruidhinn gu cas agus gu crosda ri d' mhnaoi? No am faiceadh e nach 'eil thu furasda cur suas leat 'n ad thigh féin, ged tha thu mìn agus siobholt gu leoir ri coimhairsnaich agus coigrich.

Duine nach 'eil laghach ri mhnaoi, a labhras rithe gu crosda no gu salach, no nach labhair idir le dhroch nàdur féin, sin agad duine nach 'eil 'n a Chriosduidh ged dh'fhaodas e a bhi cràbhach.

Theagamh gur tearc a' chàraid-phòsda a chuireas seachad am beatha còmhla gun rudeigin a thighinn eatorra uair no uaireigin. Ach ma thachras sin, is ann aig a' bhoirionnach a tha ceann trom na cuise daonnan. Tha obair làitheil fir 'g a thoirt a mach as an tigh, air falbh o'n dachaидh air an do thuit an neul, is théid aige air na bha eatorra anns a' mhaduinn a dhichiuimhneachadh. Ach chan urrainn ise sin a dheanamh. Feumaidh i fantuinn aig an tigh, agus tha iùine aice dol thairis fichead uair 'n a h-inntinn air a gearan agus a goirteas gus mu dheireadh a bheil a goirteas anns an theasgar na's goirte seachd uairean na bha e anns a' mhaduinn. Mar sin bu choir do'n fhear tighinn as a dhroch nàdur na's luithe na'm boirionnach, mattheanas iarraidh agus réite a dheanamh gu h-uasal. Ma's e dlighe nam ban am facal mu dheireadh a bhi aca ann an connsachadh is e dileasdanas nam fear a' cheud fhacal a bhi aca ann an deanamh réite.

Aon char eile anns an naidheachd so agus an car mu dheireadh; an uair a bha thu gu tinn, no chaill thu do shláinte, no thàinig camadh 'n ad chrannchur, ciod a chunnaic na coimhairsnaich 'n ad thigh?

Bho chionn bhliadhnaeachan chaill fear a b'aithe dhomh a làmh ann am muileann-fiodha. M' an do thachair an driosdfhortan ud dha bha e 'n a fhear-aideachaith gealltanach, agus fritheilteach air dol do'n eaglais

agus do'n choinneamh-ùrnugh. Ach an déidh dha a làmh a chall stàd è a dhol do'n eaglais agus leig e seachad uile chleachdanna follaiseach na diadhaidheachd.. Chan e sin a mhàin ach dh'fhàs e càrnach agus crosda 'n a nàdur, a' saoilsinn gu robh cuis-ghearein aige an aghaidh Dhe agus an aghaidh a fhreasdail.

Gun teagamh tha e cruaidh do fhear-oibre a làmh a chall, a tha an urra ri cheaird agus ri phàigheadh-seachduin, ach tha e na's miosa air fad gu'n leigeadh e le tinneas no cruaidh-fhortan air bith a réite no dhàimh ri Dia a mhilleadh, no searbhadas a dhùsgadh 'n a chridhe. Duine air bith a tha ag altrum searbhadais 'n a chridhe, co dhiu is ann an aghaidh Dhe no an aghaidh choimhairsnach, sin agad duine a tha cheana ann an ifreann, dubh-àite na truaighe.

Ciod, ma ta, a chunnaic coimhairsnaich ann ad thigh-sa an déidh do'n tubaist ris nach robh dùil agad tighinn ort? Am faca iad nach do leig thu le farmad no le searbhadas aite fhaotainn 'n ad chridhe, agus nach do mhill thu sonas dhaoine eile le do shiòr ghearan. Is e aon de chomharraighean na h-inntinn Chriosdail duine a bhi toilichte agus geanail am measg a theaghlaich féin, oir cuiridh aon duine toilichte sunnd air daoine eile. Chan 'eil e furasda do mhnaoi no do chloinn a bhi anns an aon tigh ri duine "a bhios a' caoidh mar na dragoin, agus ri cumha mar nigheanan na cailllich oidhche." (Micah 1, 8.)

Tha fichead rud 'n ar beatha làitheil a ghabhadh ceartachadh na'n cuireamaid romhainn nach faiceadh an coigreach a thig a steach air ar geata dad tuathal no neosgoineil, no idir idir dad cronail no peacach 'n ar tigh, o'n gheata fhéin a bhos gu goirid 'n a bhiorain mur cuirearr tarrang no dhà ann, gus an droch nàdur a dh'fheumas sinn a chasg ma bu mhaith leinn fàs anns a' bheatha dhiadhaidh. A mach agus a stigh tha feum againn uile air ar tigh a chur an òrdugh.

## Anns a' Choille Bheithe

(*Air a leantuinn*)

MAR thubhaint mi cheana bha uidh aig Uilleam Leishman ann an iomadh rud eile a thuilleadh air tuathanachd; ann an deireadh a làithean gu sònraichte cha robh uiread 'n a leabhrachéan-sgrìobhaidh mu phrisean no mu obair an fhearainn 's a bha

annta mu obair an Spioraid Naoimh anns an anam. Bha e a' creidsinn gur e an Spiorad Naomh an tiodhlac as iongantaiche agus as luachmhoire a thug Dia do dhaoine, agus gur e iadsan a mhàin a tha air an teagast leis an Spiorad aig a bheil fior eòlas air Dia.

Air Di-dòmhnaich na Cuingis anns a' bhliadhna 1910 sgriobh e mar so 'n a leabhar-là :

"Anns a' mhaduinn, m'an deachaidh mi do'n eaglais, leugh mi an cunntas a tha ann an Gníomharan nan Abstòl mu theachd an Spioraid Naomh, agus thàinig an smuain 'n am inntinn nach bu mhaith leam duine aig nach 'eil ach inntinn mhaol a chluinntinn a' bruidhinn uime. Is tearc na ministearan as urrainn teagasg simplidh agus buanach-dail a thoirt do choimhthionail mu'n Spiorad Naomh. Tha mi an dùil gu'm b'fheàrr dhaibh an cuspair so a sheachnadh uile gu léir agus leigeil leis an Spiorad Naomh féin na tha feumail de'n fhìrinn fhoillseachadh do dhaoine. Tha na smuaintean agus na faireachduinean a chuireas an Spiorad Naomh ann an cridhe neach fada na's fire, an uair nach feuchar r'an cur an briathran, na tha iad an uair a chuirear an cainnt iad. Chan 'eil ann an cainnt ach oidhrip bhochd air nithean a tha diomhair a chur an céill. Ach ged nach 'eil e soilleir do mo thugse nàdurra ciod e an Spiorad Naomh, no ciamar a tha e ag oibreachadh, tha fhios agam air a shon sin gu'm bi e a' strì riùm féin gun sgur, agus nach biodh eòlas idir agam air Dia as eugmhais. Dh'fhaireadh e orm riamh a thuiginn le m' reuson ciod an daimh a tha eadar an Biobull agus an Spiorad Naomh, no ciod a tha diadhairean a' ciallachadh an uair a bhios iad ag ràdh gu bheil am Biobull air a dheachdadh leis an Spiorad Naomh, ach ged tha so dorcha do m' reuson tha m' fhiosrachadh féin a' dearbhadh dhomh gur ann troimh bhriathran a' Bhiobull is trice a bhios an Spiorad Naomh a' labhairt riùm. Chan 'eil mi a' creidsinn gu bheil an Spiorad air a cheangal ris an Fhacal air a leithid de dhòigh 's nach gabh iad dealachadh, oir tha litir an Fhacail air uairean cho marbh dhomh ri seana chnàmh gun smior, ach an ath uair a leughas mi e tha a' cheart litir sin mar theine beò 'n am chridhe, a' toirt dearbhachd dhomh mu Dhia agus mu fhìreantachd agus mu bhreitheanas. Mar sin tha mi an dùil nach 'eil an Spiorad Naomh air a ghlasadh anns a' Bhiobull mar gu'm biodh ionnhas air a ghlasadh ann an ciste, ach gu bheil e saor, a' falbh agus a' tighinn an cois an Fhacail mar is àill leis. Tha móran shamhlaidean air an cleachadh anns a' Bhiobull mu'n Spiorad Naomh, agus tha sin fhéin 'n a chomharradh cinnteach gu bheil e diomhair 'n a ghnè agus 'n a obair; tha e 'n a Sholus, 'n a Theine, 'n a Ghaoith, 'na Dhrùchd, 'n a Chalamain; coig nithean a tha fada o chéile, agus gun ghní idir dhiubh an aon ni daonna. Their thu gaoth

ris an osaig bhlàth chaomhail a bheir chugad àile cùbhraidih nan coiltean agus na machrach, ach their thu gaoth mar an ceudna ris an doinioinn ghàbhaidh a spionas craobhan as am bun, no a bhàthas mairicheadh air a' chuan. Their thu teine ris a' ghrìosaich chàirdeil a chi thu ann ad thigh féin, ach their thu teine cuideachd ris na lasraichean oillteil a dh'éreas o bhùth mó'r a chaidh air theine. Mar a' ghaoth no an teine tha tiодhlacan agus buadhan an Spiorad eadar-dhealaichte, ach tha an Spiorad féin neo-fhaicsinneach, bith-bhuan, agus diomhair."

An uair a bha Uilleam Leishman anns an Oïlthigh bha dithis ghillean eile á Cille-sgumain ann còmhla ris; Eachann Dòmhnullach agus Eric Smeaton. Ged nach robh an triùir coltach ri chéile 'n an nàdur bha càirdeas agus companas dlùth eatorra, agus chùm iad suas an càirdeas sin an déidh dhaibh Dun-éideann fhàgail agus töiseachadh air obair; Uilleam Leishman 'n a thuthanach anns an àite anns a do rugadh e; Eric Smeaton, 'n a mhiniestar de'n Eaglais Shasunaich, an Carlisle; agus Eachann Dòmhnullach 'n a chléireach-lagha an Dùn-éideann.

De'n triùir b'e Eric Smeaton am fear a bu chràbhaiche agus a bu lugh a de'n olc ann gu nàdurra; b'e Eachann Dòmhnullach am fear aig an robh na talantán a b'fheàrr agus an inntinn a bu ghéire, ach bha taic is seasmhachd agus túr nàdurra ann an Uilleam Leishman a thug dha seòrsa ceannardais 'n am measg o òige.

Fad bhliadhna chan bhiodh iad a' sgrìobhadh gu càch a chéile, ag innseadh mar bha a' dol daibh, ach an sin stad litrichean Eachainn Dhòmhnullaich, is cha chuala Eric Smeaton no Uilleam Leishman bhuaith fad dà bhliadhna, agus a thaobh 's gu'n d' fhàg a chuideachd Cille-sgumain, cha robh fhios aca co dhiu a bha e beò no marbh.

Uair a bha Eric Smeaton a' tadhall air Uilleam Leishman dh'innis e dha gu'm faca aon de mhiniestaràn òga na h-Eaglais Shasunaich a bha ag obair ann am Margadh-an-Fheòir, an Dùn-éideann, Eachann Dòmhnullach ann am fear de Thighean-nam Faondrach, air a leabaidh agus coslais a' bhàis air. Leig e leis féin falbh leis an t-sruth gu buileach, ag òl agus ag iomairt agus air an ran-dan, gus mu dheireadh an do chaill e 'aite agus a shlàinte agus a chliù agus na chuir e mu seach, agus na bu mhiosa air fad, a mheas air féin.

Chuir an dithis romhpa gu'n rachadh iad a Dhùn-éideann 'g a fhaicinn, ged bhios

nàire air daoine caomhail a' dol a dh'fhaicinn seana chompanach a chaill a nàire féin.

Cho luath 's a ràinig iad taobh a leapa dh'aithnich e iad, ged bha neul a' bhais air aodann, agus a ghuth cho lag 's nach móru'n cluinneadh iad e. Cha robh Uilleam Leishman 'n a leithid de shuidheachadh riagh, is cha robh fhios aige ciod a dheanadh no dh'abradh e; bha a chridhe goirt air son a sheana charaid. Chaill e a chainnt, agus cha b'urrainn dha dad eile a dheanamh ach breith air làmh Eachainn Dhòmhnullaich agus tòiseachadh air caoineadh.

Bha Eric Smeaton na bu chruaidhe agus na b'eòlaiche air a' bhàs agus air toradh is tuarasdal a' pheacaidh, agus thòisich esan air bruidhinn ris an fhear a bha air an leabaidh mar bha e an dùil bu chòir do mhiniestar labhairt ri peacach a bha dol a steach do'n t-siorruidheachd ann an tìme ghoirid, ag iarraidh air sealtuinn ris an t-Slànuighear a thug maithseans agus dòchas do'n ghaduiche beagan mhionaidean m'an do dhùin am bàs a shùilean.

Ach leis an deò analach a bha aige chuir Eachann Dòmhnullach stad air. "Rinn mise mo leaba, Eric," ars esan, "agus cha ghabh cuisean atharrachadh a nis, ach bhithinn 'n ad chomain na'n leigeadh tu leam am beagan tìme a bhios againn còmhla ri cheile, gun a bhi a' bruidhinn mar sin."

Shiubhail e anns an oidhche, agus a làmh fhathast ann an làimh an duine ghaolaich nach b'urrainn a bheul fhosgladh no smuaineachadh air earailean no comhfhurtachd a thoirt dha ach a mhàin a làmh bhlàth agus a dheoir. Chuir Uilleam Leishman fo'n ùir e air a chosdus féin.

Theagamh gu robh leaba-bhàis Eachainn Dhòmhnullaich 'n a inntinn an uair a sgriobh e so 'n a leabhar-sgriobhaidh.

"Is ann fior uair annamh a bhios mi a' cluinntinn mhiniestar an diugh a' searmonachadh mu'n truaighe a tha a' feitheamh air peacach neo-aithreachail anns an ath shaoghal, agus a réir m' fhiosrachaiddh, chan e an fheadhainn as fheàrr agus as tòraile a bhios 'g a dheanamh an uair annamh sin fhéin. Theagamh gur e an t-aobhar nach 'eil iud féin cinnteach ciod a thachras do neach air bith anns an t-saoghal eile, no gu bheil eagal orra am beachdan a liubhairt gu saor air eagal gu'n tugadh e oilbheum do dhaoine nithean ùr a chluinntinn. Ach air mo shon fhéin dheth chan 'eil rud air an t-saoghal a b'fheàrr leam na bhi ag

éisdeachd ri sgoilearan diadhaidh a' toirt dhuinn am beachdan féin gu saor mu'n t-saoghal eile, agus tha mi làn chinnteach gu bheil a' mhór-chuid de dhaoine ciallach de'n aon bheachd rium, agus gu'm b'fheàrr leo seachas de'n t-seòrsa so seach móran de'n ghleadhraich eile ris am bi sinn ag éisdeachd.

Tha a' cheart uiread de na daoine a bu dochas leam a nis anns an t-saoghal eile 's a tha anns an t-saoghal so, agus air uairean bithidh e a' cur eagail orm gu'm faod daoine air an robh gaol agam a bhi ann am piantan ifrinn, ged nach 'eil mi idir a' creidsinn anns an loch theine agus na lasraichean fiadhaich a bhithear a' maoidheadh air paisdean. Ach tha e móran na's phasa-dhomh beachdan leanabail a chur a mach á m'innitinn na chur a mach as mo chnàmhan.

"Ma's maith mo bheachd, chan e argumaid no solus reusoin a thug atharrachadh air beachdan dhaoine a thaobh cor dhaoine anns an t-saoghal eile, ach ni-eigin ann an cnàmhan agus ann am faireachduin dhaoine nach leig leo a creidsinn gu'm biodh e ceart do Dia uasal agus cothromach giollachd a dheanamh air peacach nach deanadh athair air bith air a mhac seachranach. Chan fhan beachd air bith beò ann an inntinn mhic an duine mur bheil e a' comh-chòrdadh ris na beachdan eile a tha aige, agus mar sin tha an creideamh a bha aig an eaglais Chriosduidh a thaobh ifrinn anns na seann làithean air fàs fann an diugh a chionn gu bheil an eaglais fhéin a' teagasc bheachdan mu Dia nach 'eil a' comh-chòrdadh ris. Tha mi a' creidsinn gur ann o'n Spiorad Naomh a tha so a' teachd, oir tha an Spiorad a' treòrachadh dhaoine troimh na linntean as an dorchadas a steach do'n t-solus.

"Ach ged nach urrainn daoine tòrail creidsinn anns na lasraichean litireil no ann an dòruinn shiorruidh tha e cho fior 's a bha e riagh gu bheil coguis mhic an duine a' mairsinn beò anns an t-saoghal eile, agus far a bheil coguis bheò an sin tha 'piantan ifrinn,' ach piantan aig a bheil e mar chrìch an t-anam a għlanadh agus a shoillseachadh agus a thoirt gu Dia. Ach ged bhios mi a' rannsachadh nan nithean so 'n am inntinn féin agus anns a' Bhiobull is e am facial air am bi mi daonna a' taiceachadh air a' cheann mu dheireadh, 'Nach dean Breitheamh na talmhainn uile ceartas?' (Genesis xviii., 25). Tha Dia uasal agus tròcaireach, ionlan 'n a naomhachd agus 'n a ghliocas agus 'n a għradd, air chor agus nach 'eil ifreann fhéin an taobh a mach d'a thighearnas no d'a chumhachd."

## Anns a' Chathair

Cò a shaoileadh gu'n tugadh an Cogadh bhuainn clag na h-eaglais, an comharradh as follaisiche a tha againn gu bheil ar còmhnuidh ann an dùthach Chriosduidh ?

Theagamh gu'n abair cuid nach call mór e an clag a bhi 'n a thosd agus gu'n deanar feum gu maith as eugmhais, ach air a shon sin tha barrachd ionndrainn agam fhéin air na tha agam air goireasan eile a dh'fhàs gann.

Ged nach toigh leam straighlich agus gleadhraich a' bhaile-mhóir rachainn astar maith a chluaintinn cluig nan eaglaisean a' bualadh air maduinn na Sabaid, an Glaschu no an Dùn-éideann.

Sin fuaim cho boidheach 's a chluinnear air thalamh, co dhiu a tha thu air an dùthach no anns a' bhaile. Ann an gliocas an Tighearna chunnaic e iomchuidh corp mhic an duine de healbh air a leithid de dhòigh 's gu bheil uile bhuadhan a' chuirp, cluas, is suil, is sròn, a' tabhairt sòlaist dha. Bhiodh e duilich a ràdh cò dhiubh sin a tha toirt duinn am barrachd toil-inntinn, ach ged is e sealladh nan sùl an rud mu dheireadh a bu mhaith leam a chall, chan 'eil latha de mo bheatha nach 'eil mi taingeil do Dhia air son nan sòlasan air a bheil mì a' ruighinn le mo chluais.

### Fuaimean binn a' Chruinne.

Ann an sàmhchair na dùthcha tha fuaimean sònruichte ann a tha caomh do anam duine; guthan bàigheil a thoghas suas do chridhe an uair a tha do chridhe fo leòn; dràndan sheilleanan anns na craobhan leamhain, no anns na crainn théile; seíeadh anal gaoth na h-oidhche anns an luachair; crònanaich nam meanbh-bhiasdagan anns an fheur; torman nan eas agus nan allt; sin na h-òrain agus na h-òrgain de nach fhàsar sgìth. Ged nach bu mhaith leam a ràdh gu bheil guth binn an ceann an ròcais is bàigheil agus is aoibhneach guth an ròcais air maduinn earraich agus is e a' tòiseachadh air neadachadh; ach fada fada na's bàigheile agus mòran na's binne tha guth a' ghille-Bhride, oir bha mi eòlach air-san 'n am òige, agus a h-uile bliadhna a thig e anns a Mhàrt tha e a' toirt chugam beannachd mo dhaoine as na h-eileanan. Cha do theòigh mo chridhe riámh ri *coc-coc-coc* nan coileach-fraoich; ach far am bi an coileach-fraoich bidh an fheadag, agus guileag eile as mìlse agus as brònaiche na guileag na feadaig cha chualas riámh air monadh no machair. Bidh mi air

uairean a' saoilsinn nach 'eil coimeas eile ann do dhùrdan a' chalamain anns a' Choille Bheithe ach na plàsdañ sin a bhios na dotair-ean a' cur air feòil dhaoine an uair a bhios am feòil a' lionnachadh. Ged bhiodh tu fo phràmh, agus do chridhe trom, tuitidh *cooroo* lòsal a' chalamain air do chridhe mar gu'm biodh plàs o làimh an Lighiche ata shuas, no mar gu'm biodh an t-uisge no an drùchd air fearann tioram.

### An guth caomhail.

Ach ged is toigh leam éisdeachd ri gaoth is uillt, ri feadagan is calamain, is fheàrr leam fuaim a' chluig air là na Sabaid na iad uile. Sin an fhuaim de nach fàs mi sgìth gu bràth; guth a tha labhairt nithean dìomhair ri m' anam a h-uile uair a chluinneas mi e.

Cha mhòr mhinistearan air nach bi fàitch-eas an uair a dh' éireas iad a labhairt air beulaibh sluaigh; bidh crith 'n an guth agus 'n an glùinean. Dh' fhairich mise an t-eagal-cridhe sin mar a dh' fhairich daoine eile, ach is e an leigheas as fheàrr a fhuair mi riamh air a shon, éisdeachd ris a' chlag an uair a thòisicheas e air bualadh. Tha cuimhne agam air amannan anns an robh mo chridhe a' ploscartaich agus mi dol suas gu tigh an Tighearna, an impis leum as a chochull, air chor agus gu'm bu mhaith leam teicheadh, ach a cheart cho luath 's a thòisich an clag agus a chuala mo chluas an fhuaim bhàigheil, dh' fhàlbh an t-eagal agus a chrith, is chaidh mi an ceann na seirbhis le cridhe foistinneach.

Theagamh gu'n saoil cuid de na leughas an duilleag so nach robh gnothuch air bith aig a' chlag ris an t-saorsa eridhe is inntinn a fhuair mi, agus gur h-ann o mhac-meanmainn na h-inntinn agam fhéin a thàinig iad. Ach ciod a tha ann am mac-meanmainn na h-inntinn ach aon de na buadhan a thug Dia do'n duine a chum gu'm biodh e comasach dha na feartan leis a bheil Dia 'g a chuartachadh fhaireachdum, agus guth Dhé a chluinntinn annta. Chan 'eil Dia air a chumhannachadh ri meadhonan sònruichte ann a bhi labhairt ri eridheachan dhaoine; tha fisheadh is ceud is mìle teachdaire aige leis a bheil e a' labhairt ri clann nan daoine; cùrsa a fhreasdail, oibrichean a' chruthachidh, grian is gealach is reultan, gaoth is ceò is sneachd; —tha iad uile 'nan teachdairean agus 'n an seirbhisich dha, a' deanamh 'iarrtuis agus a' coimhlionadh a thoile. Agus car son nach labhradh e ri cridhe duine le

fuaim a' chluig! Nach 'eil e a cheart cho coltach gu'n labhradh Dia ri duine le clag a thighe féin 's gu'n do labhair e ri Daibhidh le fuaim-siubhail ann am mullach chraobh nan smeir!

Tha clag na h-eaglais a' labhairt riumsa ged nach bithinn a' dol do'n chùbaid idir. Tha e rud beag annasach ri ràdh, ach is e a' chuid as fheàrr leam de'n t-seirbhis glé bhithantea, na còig mionaidhean m' an tòisich i. Is toigh leam, an uair annamh a gheibh mi cothrom air dol do'n eaglais gun mi fhéin a bhi a' searmonachadh, is toigh leam dol a steach tràth; an uair a thoisicheas an clag air bualadh tha mo chridhe air a thoirt fo chumhachd an t-saoghal neo-fhaicsinnich ann an dòigh nach bitheadh e air a thoirt ann, ma dh' fhaoidte, le guth duine. Cha do ghabh mi riagh fàdachd gus an sguireadh an clag; is ann a bha e daonnan a' sgur ro luath, oir tha e a' labhairt sìth is sòlas ri mo chridhe.

### Do Thigh an Tighearna.

Do mhóran dhaoine chan 'eil an clag ag ràdh dad ach ag innseadh na h-uaire; gu bheil an t-àm aig an eaglais dol a steach. Ach do dhaoine eile tha e a' deanamh tuilleadh is sin; tha e a' cur sòluimteachd air an smuaintean agus air am faireachduinean; 'g an deasachadh air son seirbhis an Dé naoimh a dh'ionnsuidh a bheil e 'g an gairm.

Ann an sgìr shònruichte as aithne dhomh bha clag na h-eaglais air a bhualadh a h-uile Sàbaid aig ochd uairean 's a' mhaduinn, agus theagamh gu bheil an cleachdadha maith sin (oir is e cleachdadha maith a bha ann) air a chumail suas fhathast ann an sgirean eile. Bha bualadh a' chluig a' toirt na h-uaire do na h-uile teaghlaich a bha mar astar dà mhìle do'n eaglais; ag innseadh dhaibh gu robh an t-àm aca an èitsean saoghalta a leigeil seachad agus deanamh deas gu dol suas do thigh an Tighearna. Ach ar leam gu robh feum eile ann a thuilleadh air sin; bha e a' naomhachadh na Sàbaid do na daoine a bha cleachdte ri chluimintinn o'n òige, agus a' ceangal an cridheachan ri nithean naomh is maiseach; bha e a' toirt euiridh dhaibh dol suas le h-aoibhneas do thigh an Tighearna ann an cuideachd a shluaign.

### Maith agus Dona.

Tha cluig nan eaglaisean mar tha guthan dhaoine, maith agus dona; cuid dhìubh anns a' bheil ceòl agus cuid dhìubh nach fheàrr na seann tromb bhriste, no an ciombal a ni

gleangarsaich. Is ann de'n t-seòrsa so a tha a' chuid mhór de na cluig a tha againn ann an eaglaisean na Gàidhealtachd; a thaobh ciùil no binneis bha cho mhaith dhuit a bhi bualadh maide-buntàta air seana phoit, ach air a shon sin tha an guth cruidh critheannach, caomh 'n ar cluasan fhèin, agus chan 'eil uair a chluinneas sinn iad nach dùisg iad smuaintean 'n ar inntinn is fair-eachduinean 'n ar cridhe nach bu mhaith leinn a chall air son an t-saoghal.

Ged nach h-abair mi gu bheil e cho dona droch chlag a bhi anns an tìr ri droch shear-monaiche a bhi anns a' chùbaid, bu mhaith leam clag maith fhaicinn aig a h-uile eaglais anns an dùthaich, agus an clag a bhi air a bhualadh air làithean na seachduin cho maith ri là na Sàbaid.

### An fhianuis fhollaiseach.

An diugh chan 'eil air fhàgail ach glé bheag de chomharrайдhean follaiseach gur dùthaich Chriosuidh a tha ann an Albainn; glé bheag de fhianuisean air na nithean ata neo-fhaicsinneach agus siorruidh; tha sàmh-chair na Sàbaid air a call oir tha na rathaidean-móra cho trang air an t-Sàbaid 's a tha iad Di-luain; tha aoradh-teaghlaich air a leigeil seachad leis a' mhór-chuideachd, agus eadhon altachadh roimh bhiadh—an fhianuis mu dheireadh a gheibhear ann an teaghlaichean nach ana-creidmhich iad—tha sin fhéin an diugh air dol as an fhasan, air chor agus gu bheil e comasach do dhaoine laighe agus éirigh o mhoch Di-luain gu anmoch Di-sathuirne gun aon chleachdadha cràbhach fhaicinn, no aon ghuth a chluimtinn a chuireas 'n an cuimhne gu bheil Dia air nèamh, no gu bheil saoghal eile ann. Theagamh nach biodh anns a' chlag ach guth a' glaodhach anns an fhàsach, ged bhiodh e air a bhualadh, ach eo dhiu cha ruigeadh e le daoine na nithean anns an do thogadh iad a dhichiuimhneachadh gu buileach.

Ach ged nach biodh ann do dhaoine eile ach fuaim nach dhisgeadh barrachd ionndraimh 'n an cridhe na dùdach bàta no fideag oillteil nan càraichean, labhradh e ri fior shluagh an Tighearna, na daoine a bhios ag ürnuigh, agus a' togail suas an cridheachan ri Dia fichead uair 's an latha. Agus sin na daoine a tha cumail beò na diadhaidheachd anns an t-saoghal.

Ciod a' chrioch a bhios aig a' chogadh uamhasach a tha maidheadh an Roinn-Eòrpa uile a chuir 'n a lasraichean teine?

Aig Ni-maith a tha bràth, ach bidh e air uairean a' tighinn a steach orm nach bi an ùine fada gus an tuit Uachdaran an dorchadais as a sheasamh le eion analach, agus an sin thig an latha a chunnaic Pol fada air falbh, an là anns an toir na naoimh breith. Agus an uair a chuirear na naoimh

air cathair-breitheanais, sealbhaichidh na daoine macanta an talamh mar oighreachd.

An uair a thig an là beannaichte sin buailear na cluig aon uair eile, agus bitidh *Tearuinteachd do'n t-sluagh* air a sgriobhadh air an dara taobh dhiubh agus *Naomhachd do'n Tighearn* air an taobh eile.

## Murchadh Dòmhnullach nach maireann

*Le Calum MacGill-eathain, M.A., an Toisigheachd.*

ANN an toiseach an Fhoghair chaochail an duine grinn so, ach ged nach d'fhuaire e an rùn a bha 'n a chridhe a chur an gnìomh, tha e fior airidh air a bhi air ainmeachadh anns na duilleagan Gàidhlig, oir bha e 'g a ullachadh féin air son dreuchd na ministrealachd.

Rugadh is thogadh e an Crò Leatha, an Leòdas, ach a thaobh 's nach robh e làdir 'n a bhalach, agus nach robh sgoil dlùth dha cha robh e là riabh an sgoil. Fhuair e aig leac an teinntein aig athair na fhuair e riabh de sgoil, ach air a shon sin bu tearc iad 'n a latha 's an Eilean Fhada aig an robh eòlas Mhurchaidh, an t-eòlas air a bheil eòlas cinn ach air an fheàrr a thig eòlas leabhairchean.

Bha e déidheil air ministearan is searmoin o bha e beag. Chan fhaiseadh e ministear ach cor-uair, is dòcha trì uairean 's a' bhliadhna. Bha an t-àgh air gu'n robh Mgħr MacNaoimhean an Uig agus e fàs suas, agus an duine beag a thachradh ris an duine mhór sin gheibheadh e gràdh is eòlas lom-làn. "An uair a bha mise ôg," arsa Ollamh rium, "cha robh a dhìth oirn air son sgoil ach duine aig an robh fhios air rud agus balach agus e air son fios a bhith aige air rud." Ma ta, bha sgoil na diadhachd air son là no dhà gach bliadhna an Ceann Loch Reiseasort; agus an uair a dh'fhalbhadh Mgħr MacNaoimhean còir bhiodh a shearmoin aig Murchadh!

Cionnus, arsa am Facal, a chreideas iad mur cluinn iad agus cia mar a chluinneas iad gun searmonaiche ?

Thàinig Murchadh gu bhi creidsinn, agus gu bhi fàs ann an gràs agus ann an eòlas ar Tighearn Iosa Criod. Rinn e feum de na chual e, agus rinn e uidhir eile de na leugh e.

An uiridh rinn e sgioblachadh air son a dhol do'n Oil-thigh agus e air son a bhi 'n a mhinistear. B'éigin dha tarruinn air ais agus na dorsan fosgailte. Thàinig air a dhol fo chùram dhotairean agus mu dheireadh chuireadh fo operation an Stòrnabhagh e. Agus, sgeul a' bhròin, cha do shoirbhich leis a' chùis bu mhiann le daoine, agus chaochail e air an ochdamh la de'n Lunasdail.

Bha an toil aig Murchadh ; agus thairg e na bha aige. Cha robh an t-slàinte aige. Ach cò air nach deanadh an toil agus an dicheall a rinn e agus a threubhantas, drùidheadh. Cha robh bròinein gun uallach air.

Bha e air aithris mu na Ceiltich o shean gu'm bu ghaisgeil na daoine iad, an uair a thuiteadh fear ghrad leumadh fear eile 's a' bheàrna-baoghail 'n a àite. Agus cò aige tha fhios nach tig an là fhathast anns am faicear gille eile ag éirigh le bratach Mhurchaidh agus e deanamh an nì ud a bha an cridhe Mhurchaidh a chum glòir Dhe.

Bu laghach an t-òighear Murchadh Dòmhnullach.

## Aig an Uinneig

AN dràsd 's a rìs bitidh caraid a' cur chugam *An Ràidheachan Soisgeulach*, leabhar a tha air a chur a mach ceithir uairean 's a' bhliadhna le buidheann de sgoilearan aig a bheil taobh ris an teagastg a bha aig Aithrichéan Rois, teagastg ris nach do dhealaich an Eaglais Shaor fhathast. Tha an Ràidheachan Soisgeulach air a dheasachadh leis

an Ard Ollamh Dòmhnull MacGill-eathain, an Dùn-éideann, agus naoi no deich de luchd-cuideachaiddh á iomadh dùthach, agus chan 'eil e uair air bith a' tighinn a mach gun rud ann as fhiach a leughadh. Ann an àireamh mu dheireadh tha seanchas ciallach ann mu chuspair no dhà a bhuineas an dara cuid do sgoilearachd a' Bhiobuill, no do bheatha a'

chreidmhich, ach is e a thug orm tarruing a thoirt air an dràsd, gu bheil iomradh fada agus cothromach ann air a' gheur-leanmhuinn a rinneadh air na h-Iudhaich anns na linnteann o shean.

Tha na h-Iudhaich 'n an sluagh iongantach, agus feumaidh e bhith gu bheil obair shònraichte aca ri dheanamh anns an t-saoghal fhathast ann am freasdal Dhe, oir ged tha làmh gach rioghachd 'n an aghaidh tha iad cho làdir 's a bha iad riamh. Ach am measg an luchd-sàruchaiddh thug Hitler bàrr air càch uile.

### An t-Urramach Artur H. Dunnett, B.D.

Tha iomadh bliadhna o nach d'fhàinig call cho mór air Eaglais na h-Alba 's a fhàinig oirnn le bàs Mgħr Dunnett, duine feumail a bha suas ri għnothluch agus a bha daonnan a' toirt an aire air a għnothu. Bha e 'n a fhear de na cinn a tha aig an eaglais ann an Dùn-éideann, a' riaghla dhà thairis air a h-obair aig an tigh. Thoisich e air riaghla dhà gu maith tràth 'n a bheatha, agus bha ûghdarras mór 'n a làimh, ach cha do mhill sin an duine iriosal a bha ann gu nàdurra, is bha e cho companta agus cho falamh de mhōrċuis anns na bliadhñachan mu dheireadh, 'n a shuidhe anns a' chathair as airde ann an 121 Sráid Sheòrais, 's a bha e an uair a bha e 'n a ghille-frithealaidd aig Mgħr Dunlop. Seirbhiseach cho ceart agus cho glie agus cho neo-thruaillidh 's a bha aig an eaglais riamh; duine gun sodal, gun bhrosgul, gun charachd ann, b' e sin Mgħr Dunnett. 'N a fhacal agus 'n a riaghla dhà agus 'n a dħoigħeana bha e cho direach agus cho ciunteach ris an t-slat-thomhais.

Ged nach robh boinne de fhuil nan Gàidheal ann bha taobh blàth aige ris a' Ghàidhealtachd, agus eud mór a thaobh obair na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, air an robh e gu maith eòlach. A h-uile samhradh bhiodh e mìos anns a' Ghàidhealtachd, an aite-eigin a' searmonachadh eadar eilean I agus abhainn Iùbh. Bha e 'n a charaid maith agus 'n a chomhairliche maith do mhiossionaraidhean na Gàidhealtachd.

### Dòmhnull MacLeod, nach maireann.

Chaochail an duine gasda so ann a' Bhatarnis anns an Eilean Sgitheanach. Thàinig e gu ruige Trumpain o chionn deich bliadhna air dha fearann ùr a għabbail anns an àite sin. Bhuineadh e do Phaible, an Uidhist a Tuath. Bu duine e air an robh mór m'hreas ann an Uidhist agus anns an Eilean Sgitheanach, oir bha e coibhneil, cothromach na ghnej; bu duine e mar an ceudna bha séimh, socair, agus modħail, nach togadha għu thut ro ārd as a leth fhéin. Leugh e mόran agus bha e air leth tuigseach agus farsuinn 'n a intinn. Bha e 'n a eildeir ann an sgíre Phaible, agus choimhlion e an dreuchd cheudna le mόr chliù ann an coimhthional Bhatarnis. Duine còir, grinn, air am bi mόr ionndra inn ann an Uidhist agus an Eilean a' Cheò.

### Facal Dhe

AN uair a bha an t-Ollamh Urramach Gilleasbuig Dòmhnullach 'n a mhiniestar òg thug Tearlach Grey Spittal, a bha 'n a Shiorram an Steòrnabhagh, Biobull Beurla dhà a bha air a chur an clòdh an 1679. Air clàr-toisich a' Bhiobuill bha rannan Beurla air an sgrɪobħad, rannan a għleidh an t-Ollamh Dòmhnullach aig a làimh fad tri ficead bliadhna. O chionn seachduin no dhà fhàinig e thairis orra, is chuir e an Gàidhlig iad gu bhi air an toirt am follaist air an duilleig so.

An so tha sruth an uisge bħed,  
Bheir īrachadh nach tréig;  
An so tha craobh an eħla is flior,  
Bheir teagasg dhuit 'n ad fheum.

An so tha 'm Breitheamh uile ghliec  
A' réiticheas gach stri;  
An so tha 'n lòn a bheathaicheas,  
'S nach teirig dhuit a chaoeidh.

An so tha Sgeul an aċċibhneis mhōir  
Tigh'm gu do chridh' le buaidh,  
Do dhaingneach làdir is do sgiath  
Gu d' dhion 's gach uile chrucas.

Mar sin na bi-sa ann ad għniex,  
Mar ainmhiġid dall gun chéiġ,  
A shaltras air an neamħnaid għiġi  
'S tha thlachd 's an amar bhrenn.

Leugh so a mhàin le fradħare glan  
Is ionracas gun ghid,  
Ag īrnu iġi air son grās do Dhe  
Chum tuigsinn mar is cōir.



## Aig do dhorus

*Leis an Urramach Iain Mac-a-Phearsoin, M.A., an Tigh-an-uillt.*

*Feuch, tha mi am sheasamh aig an dorus agus a' bualadh; ma dh' eisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus ... fogail e an dorus, thig mi a steach da ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riuum-sa.*

TAISBEAN, iii. 20.

"MA chì thu uair air bith gu bheil duine ann an cunnart tha thu a' glaodhach ris air son gu'm bi e furachail 's gu'n seachain e an cunnart.

Tha Dia glé thric a' glaodhach ri mac an duine nuair tha e air thuar tuiteam ann am peacadh no ann am buaireadh. Feuch! Feuch!

Tha Dia 'na sheasamh aig dorus gach aon againn 's tha e a' bualadh air iomadh dòigh. Aig cuid de dhorsaibh tha e a' bualadh gu socair ciùin. Aig cuid eile tha e a' bualadh gu math cruaidh. Nuair tha aon do'n d' thug thu gràdh air a mharbhadh 's a' chogadh, air muir no air tir, no a' siubhal aig an tigh, tha Dia an sin a' bualadh aig do dhorus. Tha cuid ann 's chan 'eil suim aca do nithean spioradail gus am buail Dia gu math cruaidh aig an dorus aca leis a' bhàs; an sin tha iad air an dùsgadh, 's tha iad a' guidhe air Dia air son cobhair agus tròcair.

Tha neach eile ann 's nuair bha e làidir treun cha sealladh e air eaglais, 's cha robb e a' faicinn feum ann an aoradh no ann an ùrnuigh, ach nuair tha e air a leagail sios le tinneas craiteach sgitheil their e riut "Ma chaomhnas Dia mi air an turus so, cha bhi mi cho mi-shuimeil tuille mu mheadhonan nan gràs." Nach 'eil e feumail gu'm biodh na daoine sin air an dùsgadh air dòigh air choireigin a chùm gu'n cluinn iad Dia a' labhairt riu, agus a' bualadh aig an dorus aca!

Bho chionn ghoirid chuala mi mu sheann duine a bha a' fuireach leis féin. Aon latha chan fhaca na coimhairsnaich a mach mu'n cuairt e, ni mò a chunnainc iad céò as an luidheir aige; dh'fheuch iad an dorus ach bha e glaiste; an sin ghairm iad air, air ainn, agus bhual iad an dorus gu math, ach cha d' fhuair iad freagairt. Mu dheireadh chuir iad a stigh an dorus romhpa 's fhuair iad marbh gun chrith anns an leabaidh e.

Car son, mata, nach cuireadh Criosd a stigh roimhe dorus a chridhe, oir tha làn choir aige air, nach e fein a rinn 'sa dhealbh e! Ged dheanadh e sin ciod e an tlachd a

biodh aige ann an àite far nach robh iarraidh air. Cha bhiodh na h-aoidhean eile a tha stigh toilichte no socair 'na chuideachd. Dh' fhàg e gach duine aig saorsa a thoile féin, agus cha téid e gu bràth a steach le làmhachas-làdir mur faigh e làn chuireadh, 's gu'm bi an dorus air fhosgladh dha.

Tha mi cinnteach gu'n cual a chuid mhór a leughas na briathran so iomradh air an dealbhadair Holman Hunt. Tharruing e aon uair dealbh agus ged nach tarruingeadh e té eile gu bràth tuille cha rachadh ainn air dith-chuimhne. Chi thu anns an dealbh sin Criosd 'na sheasamh aig an dorus 's lòchran laista aige ann an aon làimh, 's leis an té eile tha e a' bualadh aig an dorus.

Tha e air ràdh gu'n do leig e fhacinn an dealbh so do charaid feuch am faigheadh e a bheachd oirre. Shaoile gu'n robh e sònruichte math, ach bha e a' faicinn aon ni 'ga dìth, cha robh dùnadh idir air taobh a mach an doruis. "O," ars an dealbhadair, "'s ann air an taobh a stigh a ta an dùnadh, agus 's ann o'n taobh a stigh a dh' fheumas an dorus a bhi air fhosgladh." Mar sin feumaidh Criosd seasamh gu foidhidneach aig an dorus gus am bi e air fhosgladh o'n taobh a stigh. Cho fhad 's a bhios analil a stigh cha chaill esan a dhòchas.


Glé thric tha aoidhean eile stigh, 's tha iad air an dòigh gu math; chan 'eil iad 'g a iarraidh, 's mar sin tha iad a' toirt cluas bhodhar dha. "Feuch tha mi 'n am sheasamh aig an dorus agus a' bualadh."

## An gealladh.

"Ma dh'fhosglas neach air bith an dorus thig mi a steach agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riuum-sa."

Nuir tha an dorus air fhosgladh tha na h-aoidhean eile a' teicheadh a mach, 's tha Criosd a' dol a steach. Ann an àine ghoirid tha atharrachadh móir air a' chridhe ud, 's tha sith is sòlas ann nach robh ann riagh roimhe.

Ach cuimhnich nach tig e gu bràth a steach mar aon de na h-aoidhean eile:



feumaidh e a' cheud àite fhaotainn, an seòmar uachdrach. Ma chuireas tu an sin e, tha gach ni mar is còir. C'aite bheil Criod an diugh 'na do bheath-sa? a bheil e's an t-seòmar uachdrach, no bheil a cheann fluch le dealt na h-oidhche 's e 'n a sheasamh a muigh, a' bualadh aig an dorus?

### An t-Suipear bheannaichte.

Tha mi a' smuaimeachadh nach 'eil àite eile ann far an drùidh na briathran so air cridhe duine mar dhrùidheas iad aig bòrd a' Chomanachaiddh.

Tha am bòrd cùrnichte; tha na samh-laidhean air an càradh air; tha e air a chuartachadh; tha gach smuain agus gach cridhe togtu suas; tha aoibhneas a' lasadh suas anns gach gnùis.

*"So féin an là a dh'òrduich Dia,  
'S am bi sinn suillhir ait;  
Fòir, guidheam, guidheam ort, a Dhe'  
Nis soirbhich leinn gu paitl."*

'S e an sluagh a chual a ghlaodh 's a dh' fhosgail an dorus dha, tha cruinn mu'n

bhòrd. Bhais iad gu bheil an Tighearn gràsmhor, 's tha an coimhcheangal ris air a dhaingneachadh aig a' bhòrd. Tha iad a' faicinn nan samhlaidhean f'an comhair, 's tha iad ag iocadh am bòid do Dhia as ùr. Mar tha na bliadhna chan a' dol seachad tha iad a' dol o neart gu neart gus an nochdar iad fa dheòidh ann an làthair Dhe nam feart.

### Am biadh mu dheireadh.

'S e a shuipeir am biadh mu dheireadh a ghabhas duine mu'n téid e a chadal. Tha gach comanachadh a tha dol seachad 'na shuipeir mu dheireadh do chuideigin. C'aite an diugh a bheil an neach a bha ri do thaoblh aig a' Chomanachaiddh mu dheireadh. Ghairmeadh dhachaidh e's tha e a' triall romhainn air an t-slige gu tir an àigh. Chan fhaic sinn aig Suipeir an Tighearn gu bràth tuille air an talamh e, ach an uair a bhriseas an là 'sa theicheas na sgàilean bidh e maille ri Criod ann an glòir far nach bi dealachadh no eadar-sgaradh na's mò. "Gabhaidh mi mo shuipeir maille ris agus esan maille riumsa."

## Ceannairceach agus am Biobull

*Le S.M.*

THEAGAMH gu'n eual a h-uile duine a leughas an duilleag so mu'n ar-a-mach a rinn sgioba na luinge, *Toirbheartas*, bho chionn càrr agus seachd fishead bliadhna, nuair a chuir iad an sgiobair agus ochd duine deug ann an geòla bhig agus a leig iad air falbh iad air iomadan air a' chuan. Chaidh na ceannaircich air tir an *Tahiti*, is thuinich iad anns an eilean sin.

An ceann bliadhna, air eagal gu'n tigeadh tòir air agus gu'n rachadh a chur an sàs, dh' fhàg Fletcher Christian an t-eilein, is chaidh e fada anns an àird an ear-dheas gu eilean a b' iomallaiche. Thug e leis naoi seòladairean Breatunnach, sia daoine dubha, agus dhà dheug de mhnathan dubha; agus m' an deachaidh iad air tir chuir iad toll anns an luing is chaidh i fodha.

Eadar tinneas agus an ruidhtearachd féin cha d' fhuair na daoine geala ach saoghal goirid anns an eilean; an ceann naoi bliadhna cha robh beò ach aon duine geal, còignear de na boirionnaich dhubha, agus naoi deug de chloinn.

An sin thòisich am Breatunnach ud, Iain Adams, air eagal a ghabhail oir chunnaic e gu soilleir nach robh air thoiseach air ach am bàs.


### An là na h-éiginn.

An sin thug e làmh air a' Bhiobull; ged nach robh e fhéin no a chompanaich a' riaghladh am beatha le teagastg a' Bhiobuill, lean Fletcher Christian, ceann-feedhna nan ceannairceach, ris an leabhar fad na h-ùine. Gus mo naidheachd a ghiorrhachadh rinn am Biobull duine ùr de Iain Adams, agus chan e mhàin gu robh e fhéin air atharrachadh ach bha càch air an atharrachadh cuideachd. Fad dheich bliadhna fishead bha e 'n a cheann agus 'n a aodhair thairis orra, 'g an teagastg ann an èolas na Firinn agus a' riaghladh an eilein a réir laghannan a bha air an tarriuin as a' Bhiobull.

M' an do chaochail e ghairm e cinn nan teaghlaichean 'g a ionnsuidh agus shònraich e aon dhiubh gu bhi 'n a cheann air an eilean.

### Eilean Pitcairn.

Sin an t-eilean ris an abrar eilean Pitcairn an diugh, eilean a bhuiteas do Bhreatunn a nis, agus is ann o sgioba na luinge ud a thàinig na daoine a tha anns an eilean. Bha iad uile air dol as an t-sealladh mur b'e gu'n d' fhosgail Iain Adams, an seòladair



neo-dhiadhaidh ud, am Biobull 'n a éiginn, agus gu'n d'fhuair e ann a' bheatha agus an gliocas a tha o shuas.

Tha a' cheart chumhachd so anns a' Bhiobull an diugh fhathast, is chithear na nithean tha e a' deanamh anns na làithean so fhéin. Bho chionn ghoirid reic missionaraidh ann an ceann a Deas America Biobull ri boirionnach a cheannaich an leabhar a chionn gu robh e saor. Chuir i air an sgeilp e, far an robh e an ùine bheag air a chòmhachadh le stùr is salchar. An sin bha e air a thilgeadh a mach air an dùnan, far an do thoisich na duilleagan air cnàmh. Là de na làithean thàinig ban-choimhairsnach 'g a faicinn, agus páisde aice. Bha am páisde a' cluicheachd mu'n cuairt an dùnain; faicear an leabhar ud air an dùnain is togar e. Chaith i a steach leis is dh' fhaighnich i am faodadh i a thoirt dhachaidh leatha. Thubhairt am boirionnach gu'm faodadh, oir nach robh feum air bith aice-se air. An uair a chaidh iad dhachaidh sheall màthair na caileig air an leabhar, agus is e an smuain a thàinig 'n a h-intinn gu'm biodh na duilleagan gasda a dheanamh *cigarettes*.

Sin mar bha; bhiodh i a' sracadh duilleig as a' Bhiobull a h-uile uair a dheanadh i cigarette dhi fhéin. Là a bha i a' sracadh an leabhair thug an duine aice as a làimh e a dh' fhaicinn ciod an seòrsa leabhair a bha ann, no ciod a bha air a sgrìobhadh ann. Labhair an Spiorad Naomh a tha anns an Fhaecil ri eridhe an duine, is air a' cheann mu dheireadh bha e fhéin agus a chompanach—duine ain-diadhaidh eile—air an iompachadh. Dhearrb Facial an Tighearn orra am peacaidhean, ach fhuair iad anns na duilleagan sracte eòlas air slighe na sláinte, is ghabh iad ris an t-saorsa a tha Dia a' taigsinn dhuinn ann an Criod. Bha iad air an cur air leth mar fhoirbhich anns a' cheud eaglais a chuireadh air chois anns an àite, is shaothraich iad gu dileas ann an seirbhis an Tighearn; gun mhissionaraidh eile 'g an teagascg ach a mhàin an Spiorad Naomh a tha labhairt anns a' Bhiobull, bha iad air an toirt a steach do rioghachd Dhe.

### An Fhianius shiorruidh.

Tha fianuis d'a fhìrinn féin ann am Facial Dhe; ciod air bith cànain a thionndar innti e labhraidh e ri coguis dhaoine a leughas e. Bheir e air daoine seasamh an làthair Dhe agus iad féin fhaicinn an solus a lagha-san. Cluinnidh iad an coguis féin a' labhairt ann, 'g an diteadh. Ach an uair a dhíteas e iad, an sin togaidh e suas m' an

coinneamh an Slànuighear a chuir Dia, do'n t-saoghal 'g an teàrnadh.

Ach gus tilleadh gu eilean Phitcairn, dh' fhàs muinntir an eilein na bu lònmoire (bha mu chòig fichead anam ann), is dh' fhàs am Biobull a bha aca an urram agus an cumhachd.


Thòisich bàtaichean a bhiodh a' dol seachad air an eilean air tadhall ann, a chur seachad na Sàbaid agus a ghabhail páirt ann an aoradh Dhe. B' ann leis a' bhantraich aig Fletcher Christian a bha am Biobull, ach bha an clòdh meanbh agus a sealladh a' dol air ais. Mar sin rinn i ionlaid ri sgiobair a bha air soitheach Americanach; ghabh esan an Biobull anns an robh an clòdh meanbh is thug e dhi Biobull a bha aige le clòdh garbh a b' phasa dhi leughadh. An uair a chaidh e air ais a dh' America thug e am Biobull aig Fletcher Christian do mhiniestar àraighe, am Boston. Chuir esan clàir iùra air, agus thug e e do'n leabhar-lann an New York, far a bheil e a mis air a ghleidheadh gu sàbhailte.

### Gun choimeas ris.

Chan 'eil leabhar air an t-saoghal an diugh a tha air a leughadh le uireadh dhaoine ris a' Bhiobull. Ged tha cleachdanna dhaoine ag atharrachadh chan 'eil cumhachd a' Bhiobull ag atharrachadh, no àireamh nan daoine a tha 'g a leughadh,—rìghrean is ceàird, uachdarain is lochdairean, sgoilearan is daoine gun sgoil, seann daoine is daoine òga, ministearan, clachairean, cléirich. Leughar e anns a' phriosan, leughar e ann an seòmar an Righ. B' àbhaist do Alecsandra nach maireann, màthair Righ Déòrsa, a clann a chruinneachadh timchioll oirre air feasgar Sàbaid a sheinn laoidhean Shankey; an uair a bha an Righ 'n a bhalach gheall e dhi gu'n leughadh e caibideal de'n Bhiobull a h-uile latha.

### Ceasnaich thu féin.

Tha mi cinnteach, a leughadair, gu bheil Biobull agad-sa dhuit féin. A bheil thu 'g a leughadh? Sin an gnothuch. Chuala mi mu ghille òg a bha cho èdlach air litir a' Bhiobull's gu robh e an dùil nach robh feum ann dha leantuinn air a leughadh. Ach leth-cheud bliadhna 'n a dhéidh sud bha e fhathast 'g a leughadh, 'g a rannsachadh, agus 'g a shearmonachadh, agus a' faotaimh ann saoibhreas gràis agus gliocais. An uair a sgriobh Pol gu Timoteus thubhairt e ris, "O bha thu ad leanabh b' aithne dhuit na sgriobturan naomha a tha



comasach air do dheanamh glic chum sláinte tre 'n chreideamh a tha ann an Iosa Criod ” (2 Tim. iii. 15).

### An teachdaireachd so.

Sin an teachdaireachd a bu mhaith leam a thoirt do luchd-leughaidh na duilleig so, gur ann tre Fhacal Dhe, agus tre shoill-seachadh an Spioraid Naoimh, a tha daoine ann ar tarruung gu Iosa Criod agus a' fao兵马 beatha nuadh bhuaithe.

Ma dh' fhaoidte gu'n leugh cuid-eigin an duilleag so nach 'eil a' dol do'n eaglais; cuid-eigin nach 'eil riaraichte leis an eaglais. Feuchadh an duine sin, ma ta, ciod a tha aig a' Bhiobull ri ràdh ris mu Dhia. Chan urrainn sinn teicheadh bho Dhia, oir feumaidh sinn uile cuntas a thoirt dhàsan.

Ann am baile beag am Brazil bha sagart 'n a sheasamh aon là a' sracadh a' Bhiobull 'n a chriomagan agus a' tilgeadh nan criomagan ann an teine. Cha robh an sluagh a chruinnich timchioll air idir toilichte leis an obair a bha e a' deanamh, oir beagan roimh sud cheannaich iad na Biobuill o shoisgeulaiche a bha 'g an reic anns a' bhaile, ach cha leigeadh an sagart leò an gleidheadh no an leughadh.

Thog a' ghaoth aon duilleag as an teine, agus air a sgiathairb bha i air a giùlan a steach air uinneig àraidih air an t-sràid. Thog bean-an-tighe an duilleag; leugh i cuid de na bha air a sgrìobhadh oirre, is

thubhairt i rithe fhéin, “ Leigidh mi so fhaicinn do mo chéile, oir is ann á leabhar naómh a tha e.” “ S ann gun teagamh, ars' an duine, ma dh' fhaoidte gu'm faigh sinn an còrr de'n naidheachd là air chor-eigin.”

Chaidh bliadhna seachad. Là a thadhail fear a bha reic leabhraichean aig an dorus, leig am boirionnach fhaicinn an duilleag dha, is dh' theòraich i dheth c' àite am faigheadh i an còrr de'n naidheachd.

“ Gheibh anns an leabhar so,” agus thionndaidh e suas dhi an treas caibideil de shoisgeul Eoin far a bheil e air innseadh mar thàinig Nicodemus gu Iosa anns an oidhche, oir b'e na briathran a bha air an duilleig. “ Oir is ann mar so a ghràdhaich Dia an saoghal gu'n d' thug e aon-ghin Mhic-féin chum agus ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm b'i a' bheatha shiornuidh aige.”

Cheannaich i an leabhar, agus le othail dh' innis i uime d'a céile an uair a thàinig e dhachaidh bho obair. Thòisich iad air a' Bhiobull a leughadh, is fhuair iad ann saorsa d' an anam agus sith Dhe. Aon as déidh aon bha an teaghlaich uile air an toirt gu Dia, air chor agus gu robh an tigh ud mar choinneal anns an àite.

Togaibh an sgeul, a ghaoithean,  
‘S a thonnan aobhach mór,  
Bho thràigh gu tràigh 'ga sgaoileadh,  
Mar aon chuan boillsgeach glòr.

## Na trì leabhraichean

(Salm xi.)

*Tha na nèamhan a' cur an cíell glòir Dhe (1).*

*Is iomlan lagh an Tighearna (7).*

*O lochd diomhair glan thusa mi (12).*

ANN an litreachas an t-saoghail b'e roghainn an fhir nach maireann, an t-Ollamh Iain Stiùbhard Blackie, bàrdachd Homer, sailm Dhaibhidh, agus òrain Bhurns. B'e an t-salm so a' cheud té a dh'ionnsaich e air a theangaiddh 'n a phàisde, agus b'i an té mu dheireadh a bha air a bhilean m'an do shiubhail e. Leis an anail mu dheireadh a bha aige bha e ag aithris shalm gu beag ris fhéin.


Eadhon am measg nithean móra tha an t-salm so mór agus maiseach; bha iongnadh agus moladh ann an crídhe an duine a rinn i, oir ciod air bith taobh an tionndadh e bha e a' faicinn comharraighean air glòir agus cumhachd agus gliocas an Ti a chruthaich na nèamhan agus an talamh.

*Tha na nèamhan ag aithris glòir Dhe,*  
*Agus na speuran a' cur an cíell gniomh a làmh.*

### A' cheud leabhar.

Fada m' an do thòisich na faidhean, no na salmadairean, no na h-abstoil, air searmon-achadh bha na nèamhan ag innseadh do chloinn-daonna gu bheil Dia ann, agus ged bhiodh gach fianuis eile a tha aig Dia anns an t-saoghail air an cur 'n an tosd, leanadh na speuran agus na reultan air fianuis a thoirt d' an Cruithear, ag ràdh gun sgur, “ Nach mór an Ti a thug dhuinn ar bith !”

Saoilidh ministearan, agus luchd-teagaig, agus maighstirean-sgoile, gur e iadsan a tha a' cumail dhaoine cuimhneachail air Dia, agus chan 'eil teagamh nach 'eil iad 'g a dheanamh ann an tomhas beag, ach tha daoine air an cumail cuimhneachail air Dia le fonn is cuan, leis na speuran os an cionn agus an talamh fo 'm bonn, agus mile guth eile leis a bheil obair a' Chruiitheir a' labhairt riù.



Cò is urrainn sealltuinn air a' ghréin a' dol as an t-sealladh anns a' Chuan Shiar air feasgar ciùin, agus an iarmaitl uile os a cionn a' deàrrsadh le daithéan òirdhearc nach fhacas riamh anns a' bhearean as riomhaiche a dhealbh làmhan, gun a chridhe a thoirt leum as le gairdeachas, no gun faireachduinn a bhi aige gur e Dia agus nach e duine a thug a h-àithne agus a cursa do'n ghréin.

Nach bu mhaith an sgoil-oidhche do dhaoine seasamh air an raon air oidhche shoilleir, a' dearcadh le ionghnadh agus tuigse air na lòchrain dhealrach a tha. ri fhaicinn 'n am miltean anns an speur, reultan a tha cuid dhiubh cho fad air falbh 's gu bheil an gath soluis a thig bhupa a' siubhal dà mhile bliadhna m'an ruig e an saoghal so,

Sàmhach is ciùin ged tha an triall,  
Mu'n talamh dhorchha so ag iadh,  
Guth ged nach cluinnear fòs no fuaim  
'N an imeachd dealrach tosdach shuas ;  
Gidheadh le cluasaibh tuigse glic  
Cluinnear am fonn 's an ceòl gu tric,  
A' seinn gun támh air feadhl gach linn,  
"Is tusa, Dhia, a chruthaich sinn."

Ged tha na nèamhan tosdach agus ged nach 'eil cainnt no briathran aig na reultan tha iad na's drúidhliche mar fhianuisean do Dhia na na searmonaichean as briathraiche air thalamh ; tha an teachdaireachd air a liubhairt ann an cainnt dhiomhair a thuigear anns gach tir agus leis gach cinn-each. Cha ruig facial Spurgeon ach air Sasunnaich no air muinntir na Beurla ach ruigidh facial a' Ghrioglaghain gu crìochan an domhain.

### An dara leabhar.

Ach ged tha na nèamhan agus oibre a' Chruthachaidh a' cur an cíll glòir agus cumhachd agus gliocas an Tighearna b' aithne do'n t-Salmadair leabhar eile anns am faighear fianuis do Dhia a tha na's fheàrr agus na's cinnichte na gheibhearr anns na speuran, *am Biobull*; leabhar anns a bheil reachdan iomlan air son na' beatha so, a ni daoine simplidh glic, agus a shoill-sicheas an sùilean.

Ciod a bha an Salmadair a' ciallachadh le "lagh Iehobhah," "fianuis Iehobhah," "òrdraighean Iehobhah," "àithne Iehobhah," "breitheanas Iehobhah ?" Bha lagh Mhaois, ach a thuilleadh air lagh Mhaois, gach foillseachadh a rinn Dia air féin le fàidhean do na h-aithrichean. Ged bha lagh Mhaois gu maith teamh cha robh e 'n a uallach do'n t-Salmadair no do dhaoine air bith air an robh eagal Iehobhah, oir bha

fhios aca gu'n robh an lagh iomlan agus gur mór sìth na muinntir aig a bheil gràdh dha.

Thoir an aire, a leughadair, an clù a tha an Salmadair a' tort air lagh Dhe no air a' Bhiobull; tha e *iomlan*, agus *cinteach*, agus *ceart*, agus *glan*, agus cho fiachail 's gu bheil saoibhreas mór aca-san aig a bheil tart 'n an anam air a shon.

Ach ged bu mhaith am Biobull a bha aig an t-Salmadair tha Biobull as fheàrr agaime; Biobull anns a' bheil an soisgeul cho maith ris an lagh, agus foillseachadh air a dheanamh air Dia, chan ann a mhàin ann am *facal*, ach ann am *beatha*. *Rinneadh am facal 'n a fheòil, agus chunnais sinn a ghloir làn gràis agus firinn.*

Tha na nèamhan a' foillseachadh cumhachd agus móráchd Dhe; tha an lagh a' foillseachadh a thoil naomh, ach ann an Iosa Criod chithear a ghràs. "Is aithne dhuibh gràs an Tighearn Iosa Criod, ged bha e saoibhir, gidheadh gu 'n d' rinneadh bochd e air bhur son-se, chum gu'm biodh sibhse saoibhir tre a bhochdainn-san."


### An treas leabhar.

"Is ann tre an lagh tha eòlas peacaidh," tha Pol ag ràdh, rud a b'aithne do'n t-Salmadair fada roimh là Phoil. Chuir an lagh gu féin-cheasnachadh e, agus an uair a rannsaich e a chridhe féin chuir na chunnaic e 'n a chridhe féin air a ghlùinean e, ag ùrnuigh ri Dia, "o lochdan diomhair saor thusa mi."

Tha lochdan diomhair fada na's miosa na peacaidhean follaiseach, ach ciod air bith a dhùisgeas coguis duine agus a bheir a lochdan diomhair gu chuimhne tha an ni sin 'n a mhaighstir-sgoil 'g a thoirt gu Criod.

Gle thric cluinnear diadhairean a' cur dealachaideadair peacaidhean *aineolaist*, peacaidhean *anmhuinneachd*, agus peacaidhean *dànanais*; ged tha *Facal* Dhe agus ar coguis ag innseadh dhuinn gu bheil gach seòrsa peacaidh toillteach air fearg Dhe tha peacaidhean *dànanais* na's miosa na càch. Tha aobhar an *aineolaist* anns an inntinn, aobhar na h-anmhuinneachd anns a' chridhe, ach aobhar an *dànanais* anns an toil. Gus am bi toil duine air a ciosnachadh agus air a cosnadh do Dhia cha bhi e gu bràth teàruinte.

Duine a théid le comhairle shuidhichte do àite no do chomunn far a bheil fhios aige gu'n tachair buaireadh air, sin agad duine a tha air bheul tuiteam ann am peacadh *dànanais*. "Roimh sgrios théid uabhar; agus roimh leagadh spiorad àrdanach."



## “ Clann Shioin ”

CHA toigh leam a bhi cluinntinn duine air bith a' cur sìos air Breatunn, no a' bruidhinn gu suarach no gu magail mu'n obair fhiachail a rinn i cheana, agus a tha i fhathast a' deanamh anns an t-saoghal. Ged nach 'eil ann am Breatunn ach eilean beag air uchd a' chuain, thigeadh call a bu mhøtha air an t-saoghal uile, na'n rachadh Breatunn sios, na thàinig air an uair a chaill a' Ghréig agus an Ròimh an cumhachd agus an inbhe. Ged nach biodh dad aig duine as an deanadh e uail ach a mhàin gu'n do rugadh e ann am Breatunn bu leòr an t-aobhar-uail sin fhéin; tir na saorsa, tir an t-soisgeil, tir a' cheartais, far a bheil Coinneal a' dealradh o chionn trì cheud bliadhna a thug solus do'n t-saoghal uile. Sin agad an fhìrinn agus gun dad ach an fhìrinn. Duine air bith a bhios a' faotainn coire do Bhreatunn, no a' cur sìos oirre, is e làn-dì a bheatha an t-eilean so fhágail, agus dol do rioghachd as feàrr, ma's aithne dha i. C'aite an rachadh tu?

M' an do thòisich an cogadh bha daoine sònraichte 'g ar bòdhradh gus an robh sinn sgith dhiubh, ag innseadh dhuinn gur ann againn fhéin a bha a' choire a' Ghearmailt agus an Eadailt a bhi cho neo-thoilichte agus cho caonnagach 's a bha iad, agus gu'm b'e na cumhacha-sithe a rinneadh an Versailles a bu mhàthair-aobhair do gach trioblaid a thàinig air an t-saoghal o chionn bhliadhna-chan. Chan urrainnear gu bràth cumhacha-sithe a dheanamh a riaraicheas an dà thaobh, no a shaoileas iad le chéile ceart agus cothromach; na'm b'urrainn car son a bha iad a' tapaid idir? Ach ged nach robh bann-sithe Versailles 'n a h-oilbheum do m' choguis féin riamh chan ann a dh'fhireanachadh nan cumhachan a bha innte a tha mi 'g a sgrìobhadh so, ach a ràdh gu'n tainig barrachd trioblaid air Breatunn an cois aon de na cumhachan a b'fheàrr a rinneadh an Versailles na thàinig oirnn an cois na feedhnach a bu mhiosa. Air chor agus nach urrainn dhuit a bhi cinnteach eo dhiu as feàrr, sud no so.

### Glic agus uasal.


Rinn Breatunn rud ceart agus uasal, agus rud a bha sinn an dùil a bha glic, an uair a thug i rabhadh do rioghachdan eile gu'm bu mhaith leatha dachaidh a bhi air a dheanamh do na h-Iudhaich ann am Palestin, dùthaich an sinnseir. B' e am Morair Balfour a' cheud fhearr a thagar gu'm biodh an cothrom so air a thoirt dhaibh, agus tha cuimhne agam fhathast mar leum ar cridheachan le toileach-

adh aig an àm, an dùil gu'm biodh a nis dòchas agus dachaidh air a thoirt do shluagh bochd a dh'fhuiling barrachd geuleanmuinn troimh na linntean na dh'fhuiling daoine eile air thalamh. Bha an rioghachd uile toileichte làmh a bhi aig Breatunn anns a' chùis, agus bha e 'n a fhaochadh d' ar coguis cothrom fhaotainn air cor agus còirichean nan Iudhach anns an t-saoghal a chur ceart. Ach is e a thachair gu'n do loisg sinn ar meuran anns an teine, agus gu bheil sinn fhéin agus na h-Iudhaich an diugh air ar mallachadh an uair a bha dùil againn ri beannachadh. Dh'faodamaid a ràdh mar thubhairt am fàidh Ieremiah, “ Bha sùil againn ri sith, ach maith sam bith cha d'thàinig; ri aimsir sláinte, agus feuch uamhas.”

### Saorsa no smachd.

Tha e duilich sith a dheanamh ri muilleanan de dhaoine nach 'eil de'n aon inntinn, ach a tha dannarra gus an toen fhéin fhaotainn. Rinn am fear beag ud anns a' Ghearmailt a bhios a' magadh air Breatunn air an Radio magadh gu leòr oirnn a chionn nach robh a' dol againn air sith a dheanamh ann am Palestin, no an dùthaich a riaghlaidh le sgoinn is smachd. Chan 'eil teagamh nach b'urrainn Breatunn smachd a chumail air na h-Arabaich na'n togradh i, leis a' gunna no eadhon le bata làidir, ach chan e sin dòigh Bhreatunn, agus a h-uile uair a dh'fheumas i roghainn a dheanamh is fheàrr leatha geamaith dhaoine a chosnadh le saorsa a thoirt dhaibh seach ùmhachd fhaotainn le smachd.

Air nairean tha an dòigh-riaghlaidh so a' toirt air droch dhaoine agus air daoine dannarra brath a ghabhail air Breatunn (ni a clann fhéin e cho maith ris na coigrich) ach air a shon sin tha i a' leantuinn air, gineal an déidh gineil, a chionn gu bheil i cinteach gur e so an dòigh as fheàrr air a' cheann mu dheireadh. Cò an rioghachd eile a bheireadh saorsa facail do Ghandi agus do Phacifists mar tha Breatunn a' toirt dhaibh. Ach chan 'eil sin 'n a chùis-nàire dhi, agus cha mhò tha e a' milleadh a cliù no a neart, agus a dh'aindeoin a' mhagaidh a rinneadh oirre le Sanbalat agus a shliochd a chionn gu'n d' fheuch i ris na h-Iudhaich a shuidheachadh as ùr 'n an seann dachaidh, agus a chionn gu'n do ghiùlain i gu faidhidneach leis na h-Arabaich a bha air son a cumail a mach, bha an rùn a bha 'n a cridhe uasal agus cothromach. Ma dh'fhuiling i air a shon dh'fhuiling i air son na còrach.



### Nithean nàrach.

Ciod an ceann-crìche a bhios aig a' gheur-leanmhuinn a thatar a' deanamh air na h-Iudhaich? Agus car son a thatar 'g a dheanamh? Tha e duilich a ràdh; air uairean saoilidh mi gur h-aithne dhomh an t-aobhar, ach air uairean eile thig teaganach 'n am inntinn nach 'eil mi ceart, agus gu bheil dìomhainreachd anns a' chùis nach 'eil mi a' tuigsinn.

Ma's ann a chionn gu'n do cheus na h-Iudhaich Criosd a dh'fhuathaich na Criosduidhean iad anns gach linn, shaoileadh tu gu'm feuchadh na Criosduidhean ri maitheanas a thoirt dhaibh mar rinn an Slànuighear fèin. Chan 'eil aon phuing anns a' Chreidimh Chriosduidh as soilleire na gu'm feum esan a fhuair maitheanas maitheanas a thabhairt.

Ach ciod air bith an t-aobhar, rinneadh cheana, agus thatar a' deanamh an diugh fhathast, geur-leanmhuinn air na h-Iudhaich a chuireas làire oirnn, làire cho mór 's gu'm bu mhaith leinn ni-eigin a dheanamh as an leth a dh'aotrumaicheadh ar cionta.

### Clann Shioin.

Am measg nan Iudhach fhéin chan 'eil ach aon bhuidheann a tha ag iarraidh dol air ais do thòr a' gheallaidh, am buidheann ris an abrar "Clann Shioin." Is fearr le càch fuireach ann an dùthchanna as reamhra. Chan 'eil ann am Palestin ach fearann bochd; tha e cho duilich tuath a shuidheachadh air 's a tha e anns a' Ghàidhealtachd. Tha e a' cosd mu mhile ñot aon teaghach a shuidheachadh air an fhearrann, agus is ann o Iudhaich bheartach ann an America a tha a' chuid mhór de'n airgiot a' tighinn. Ged nach rachadh iadsan air an ais iad fhéin is maith leò gu'n rachadh am bràithrean bochd ann.

Ciamar a tha a' dol daibh anns an oidhrip a tha iad a' deanamh air dachaidh ùr a chur suas dhaibh féin ann am Palestin? Chan 'eil e furasd a ràdh; tha e ro thràth breith cothromach a thoirt air an eor, ach chan ann gun dicheall no gun saothair a tha dol aca air an casan a sheasamh, agus fad na h-ùine tha na h-Arabaich, am follais agus an uaigneas, a' feuchainn ri 'm beatha a dheanamh searbh dhaibh.

Bho chionn ghoirid bha mi a' bruidhinn ri duine tuigseach a tha ann an seirbhis Bhreatuinn ann am Palestin, is dh'fhoighnich mi dheth am b'urrainn e innseadh dhomh car son a tha na h-Arabaich cho guineach ris na h-Iudhaich? "Tha sin," ars' esan, "furasd gu leòr a thuigsinn; tha fearann

aig an Arabach ach chan 'eil airgiot aige, agus tha airgiot aig an Iudhach ach chan 'eil fearann aige. Air ghaol airgiot-ullamh fhaotainn 'n a làimh agus à bhi iollagach dìomhainreachd cho fad 's a mhaireas e, reicidh an t-Arabach a' chroit ris an Iudhach, agus air ghaol fearann fhaotainn ann an tir a dhaoine bheir an t-Iudhach prìs oirre nach fhiach i. Ann an tòine ghoirid cosdaidh an t-Arabach an t-airgiot, agus tha e gun airgiot gun chroit, agus an sin tha naimhdeas aige ris an fhearr a cheannaich i, agus bu mhaith leis an gunna a chur ris. Ach tha lagh Bhreatuinn a' dòn an Iudhaich."

### Daoine crionna.

Tha fhios aig na h-Iudhaich agus aig na h-Arabaich le chéile gu bheil gliocas agus crionnachd, sgoinn agus dicheall, anns an Iudhach nach 'eil anns an Arabach, agus is e sin a tha a' toirt air an Iudhach a bhi tàireil air an Arabach agus air an Arabach a bhi amharusach agus gamhl拉斯ach do'n Iudhach.

Is ann á Poland agus á Russia a thàinig a chuid mhór de na h-Iudhaich a chaith air an ais do Phalestin. Tha iad 'n an daoine deanadach sitheil, ach air uairean bithidh na ceannardan aca (ceannardan "clann Shioin") a' deanamh bòilich amaideach, agus bithidh a' bhòilich sin a' cur nan Arabach air a' chuthach dhearg. Bitidh iad a' bòilich gur ann dhaibhsan a bhuineas an dùthcha agus nach ann do na h-Arabaich.

Bitidh na h-Arabaich fhéin a' deanamh bòilich cuideachd; a' bòilich gur e iadsan a thug a mach buaidh do Bhreatunn anns a' chogadh mu dhereadh, ach nach d'fhuair iad an duais a bu chòir dhaibh fhaotainn air a shon.

Eadar bòilich na dithis agus an naimhdeas a tha aca d'a chéile tha e duilich do Bhreatunn sìth a chumail ann am Palestin gun tòiseachadh air an smachdachadh.

Ach tha cuid mhaith de na h-Arabaich reusanta gu leòr; tha iad a' faicinn gu bheil na h-Iudhaich a' maitheachadh na dùthcha le airgiot a thoirt inntre; gu bheil beòshlaint na's fheàrr aca a nis le obair agus sgoinn nan Iudhach na bha aca roimhe, agus mar sin tha iad air son a bhi réidh ri'n coimhlearsnaich.

### Creideamh an aithrichean.

Tha Moran dhaoine an dùil gu bheil na h-Iudhaich a' leantuinn ri creideamh an aithrichean na's dlùithe na sluagh air bith eile. Chan 'eil sin fior. Ged tha buidheann dhiubh a' seasamh gu làdir fhathast air creideamh an aithrichean tha a' chuid as mò



dhiubh cho roinnte a thaobh creidimh ri daoine eile, agus eadhon 'n an dachaидh тир chan e altair do Iehobhah a chuir iomadh teaghlaich suas ach altair air a bheil dealbh Karl Marx, athair nan Communists uile. Tha e air a ràdh gu bheil barrachd de ana-reidich am measg nan Iudhach na tha am measg cinneach air bith eile, agus barrachd dhaoine a tha ag àicheadh gu bheil Dia ann.

Am measg "clann Shioin" a tha nis air tuineachadh ann am Palestin gheibhear teaghlaichean a tha cho diadhaidh a réir gnàths an aithrichean 's gu'n do thraig iad agus gu'n do chòmhdaich iad an cinn le luathre a chionn gu robh e air a cheadachadh Eabhra a chleachdad mar mheadhon-teagaig anns an Oilthigh, a' chaithn naomh nach bu chòir a chleachdadach ach ann an ùrnuiigh a mhàin. Air an làimh eile gheibhear am measg "clann Shioin" ann an tir a' gheallaidh Iudhaich a tha na's gaolaiche air muic-fheòil na tha iad air aran neoghoirtichte, agus nach toir ho-ro air Abraham no air lagh Mhaois. Chan e creideamh ach dùthchas agus fuil a tha a' cumail an

t-sluaign so dileas d'a chéile agus dealaithe o chinneach eile.

### An ceann-criche?

Ma shoirbhicheas an rùn a bha an inntinn Bhreatuinn a thaobh nan Iudhach is maith an gnothuch, ach mur soirbhich cha ruig i a leas näire a bhi oirre gu'n d'fheuch i ri bàigh a nochdad dhaibh.

Aig àm eile 'n an eachdraidh bha na h-Iudhaich air an toirt air an ais do Ierusalem, a thogail nam ballachan briste. Bha nàimhdean aca anns na làithean sin a dh'fheuch ri bacadh a chur orra, ach le dìorras agus dìcheall chum iad orra gu misneachail, agus chaidh leò air a' cheann mu dheireadh. Agus is maith do'n t-saoghal gu'n deachaidh, oir tha sinn uile a' mealtainn toradh na buadha sin, agus ma théid leò air an turus so, cò aige tha fhios nach meal an saoghal beannachdan ùra an cois na buadha sin.

Bha Pol cinnteach gu'n tig an là anns am bi Israel uile air an teàrnadh: mar tha e sgrìobhta, "Thig am Fear-saoraidh o Shion, agus tionndaidhidh e mi-dhiadhaidheachd o Iacob."

## Aireamh nan Iudhach

ANNS a' chunntas mu dheireadh a chunnait mi air àireamh nan Iudhach bha e air a ràdh gu bheil sè mulleana deug dhiubh anns an t-saoghal, air an sgapadh air feadh nan rioghachdan uile, a' chuid as mò dhiubh ann an crìochan shear na Roinn Eòrpa.

### Anns an Roinn Eòrpa.

Breatunn	-	-	-	-	-	320,000
Poland	-	-	-	-	-	2,900,000
Ukraine	-	-	-	-	-	2,400,000
Rumania	-	-	-	-	-	1,000,000
A'Ghearmailt	-	-	-	-	-	800,000
Russia	-	-	-	-	-	690,000
Hungary	-	-	-	-	-	550,000
Staidean na Baltic	-	-	-	-	-	460,000
Czecho Slovakia	-	-	-	-	-	380,000
Austria	-	-	-	-	-	350,000
An Fhraing	-	-	-	-	-	155,000
An Olaind	-	-	-	-	-	110,000
An Eadailt	-	-	-	-	-	72,000
Belgium	-	-	-	-	-	50,000
An Tuirc	-	-	-	-	-	90,000
A' Ghréig	-	-	-	-	-	89,000
Bulgaria	-	-	-	-	-	40,000
An t-Suain	-	-	-	-	-	6,500
An Spainnt	-	-	-	-	-	5,000
Lochlann	-	-	-	-	-	1,500

### An America.

Na Staidean	-	-	-	-	-	4,000,000
Canada	-	-	-	-	-	160,000
Argentine	-	-	-	-	-	145,000
Meadhon America	-	-	-	-	-	17,000
Na h-Innsibh an Iar	-	-	-	-	-	6,500

### Anns an Asia.

Am Palestin	-	-	-	-	-	180,000
Russia	-	-	-	-	-	100,000
An Tuirc	-	-	-	-	-	79,000
Irak	-	-	-	-	-	87,000
Arabia	-	-	-	-	-	25,000
Japan	-	-	-	-	-	
An aitean eile	-	-	-	-	-	180,000

### An Astralia

An Astralia	-	-	-	-	-	26,000
-------------	---	---	---	---	---	--------

### An Africa

An Africa	-	-	-	-	-	460,000
-----------	---	---	---	---	---	---------

An Obar Dheathain	-	-	-	-	-	0
-------------------	---	---	---	---	---	---

Tha barrachd dhiubh ann an America na ann an dùthcha air bith eile; tha dorsan America farsuinn agus fogsailte daonnan.

Am bitheantas tha iad a' bruidhinn cainnt na dùthcha anns a bheil iad a' fuirreach, ach is e Yiddish an caint mhàthaireil, an dùthchanna shear na h-Eòrpa. Chan eil ach fior Iudhach annamh a thuigeas Eabhra.

Is ann as a' Ghearmailt, á Russia, agus á Poland, a dh'fhalbh a chuid as mothà de na h-Iudhaich a tha ann an America.

Ged tha Iudhaich ann a tha anabarrach beartach chan eil anns a' chuid mhór dhiubh ach daoine bochd.

Anns a' chogadh mu dheireadh bha iad ri 'm faotainn anns a h-uile arm a bha mach, a tapaid an aghaidh a chéile.

B' e an t-Iudhach a b' ainmeile anns an t-seann t-saoghal, Maois; agus an t-Iudhach as ainmeile anns an t-saoghal ùr, Hitler.





## Gu Cluaintean Gorma

*Agus an uair a thàinig iad gu Màrah, cha b' urrainn iad uisgeachan Mhàrah òl, oir bha iad searbh; uime sin thugadh Màrah mar ainm air. Agus rinn an sluagh gearan an aghaidh Mhaois, ag ràdh, Ciod a dh' òlas sinn. Agus dh' éigh esan ri Iehobhah, agus nochd Iehobhah fiadh dha agus thilg e anns na h-uisgeachan e, agus rinneadh na h-uisgeachan milis. Ecsodus xv, 23-25.*

*Agus thàinig iad gu Elim far an robh dù thobar dheug uisge, agus deich agus tri fichead craobh phailme; agus champaich iad an sin laimh ris na h-uisgeachan. Ecsodus xv, 27.*

NA'N do rinn clann Israel air tìr a' gheallaidh lom is dìreach an déidh dhaibh an Eiphit fhàgail, rachadh aca air a ruighinn ann am beagan sheachduinean. Ach ghabh iad dà fhichead bliadhna air an turus. Cha b' ann gun aobhar a sheachain iad an t-slighe ghoirid, "Cha do threòraich Dia iad air slighe tire nam Philisteach, ged bha i am fagus; oir thubhairt Dia, Air eagal gu'm bi aithrechas air an t-sluagh an uair a chi iad cogadh, agus gu'm pill iad do'n Eiphit." (Ecsodus, xiii, 17).

Bha na Philistich 'n an sluagh borb, air an cleachdadhl ri airm iomchar; agus bha e glie do Mhaois an seachnadhl, oir bha spiorad chloinn Israel air a bhriseadh gu buileach leis an làmhachas-làidir a rinneadh orra le Pharaoh, air chor agus nach seasadh iad an làrach ri aghaidh nàmhaid ùr. Air an aobhar sin threòraich Dia an sluagh mu'n cuairt air slighe fasaich na Mara Ruaidhe, a' taghadh an rathaid dhaibh a réir an neirt. Bha e 'n a dheuchainn air am faidhidinn na bliadhnanachan ud a chur seachad anns an fhàsach; ach b'e an rathad fada an rathad a bu ghiorra dhachaidh air a shon sin. Ged bha an t-slighe fadalach, thug i a steach iad mu dheireadh do thìr a bha a' sruthadh le bainne is mil.

### An rathad fada glan.

Tha daoine an diugh fhathast a' faotainn a mach 'n am beatha féin a' cheart ni a tha air a theagasc dhuinn le eachdraidh chloinn Israel, gur fheàrr an rathad fada glan na 'n rathad goirid salach. Tha sinn uile ag iarraidh tìr a' gheallaidh air chor-eigin; saoibhreas, toil-inntinn, inbhe shaoghalta, eòlas, sonas—is iad sin am bainne agus a' mhil air a bheil a' mhòr-chuideachd an tòir. Chan abair mi gu bheil e ceàrr do dhaione na nithean sin a chumail fa chomhair an sùl; ach seachnadhl iad an t-ath-ghoirid salach chuca, agus gabhadh iad an rathad glan.

"Tha slighe ann a shaoilear dìreach le duine, ach is e a crìoch slighean a' bhàis."

An uair a ni daoine cabhag gu bhi beartach, gabhaidh iad glé bhitheanta ath-ghoirid salach a bheir a steach iad do thìr a' bhàis an àite tir an t-sonais a bha iad ag iarraidh. Cha ruig duine a leas dùil a bhi aige gu'm bi beannachd is dòn Dhé thairis air ma tha e a' gluasad air slighean nach do cheadaich Dia; ma chuireas e roimhe a cheann-uidhe a ruighinn le eucoir agus innleachdan agus breugan.

An uair a shaor Dia clann Israel o làimh Pharaoh agus a chaidh iad air cheann na slighe gu Canaan sheinn iad òran-molaidh dha, ach m'an do ràinig iad Màrah cha robh ceòl 'n an eridhe no 'n am beul. Shaoil iad gu robh làithean an sàruchaidd seachad agus chuir iad an aghaidh air an t-slighe mar chuideachd a' cumail latha féille. Ach an uair a chunnaic iad nach robh an t-slighe cho furasda 's a shaoil iad, 's a thòisich iad air fannachadh le pathadh agus teas an fhàsach, rinn iad gearan an aghaidh Mhaois, ag ràdh ris gu'm b' fheàrr dhaibh daorsa na h-Eiphit seach bàs fhaghail anns an fhàsach. "Agus dh' éigh esan ri Iehobhah, agus nochd Iehobhah fiadh dha, agus thilg e anns na h-uisgeachan e, agus rinneadh na h-uisgeachan milis."

### A sholus glan.

Tha e air a ràdh le daoine a bha thall 's a chunnaic e gu bheil seòrsa craibe a' fàs gu nàdurra anns a' chearn ud de Arabia aig a bheil a' bhuaidh so air uisge, an uair a thilgear sguim dhì ann; agus ma tha sin fior, cha do thachair mìorbhuiil air bith aig Màrah ach a mhàin gu robh Maois air a sheòladh le Dia gus éifeachd na craibe so flaotainn a mach. Tha facal an Tighearna ag ràdh, "Treòraichidh e na daoine ciùin ann am breitheanas," (Salm xxv, 9;) agus aig iomadh àm 'n a bheatha dhearbh Maois

air a shon fhéin gu bheil an gealladh so fior ; gu bheil Dia a' toirt soilleireachd inntinn cho maith ri beannachdan spioradail dhaibhsan a dh' iarras comhairle air, agus a dh' aidicheas e 'n an uile shlighean. Dh' aidich Maois Dia 'na uile shlighean.

Air gach duilleag de'n eachdraidh so leughar na briathran, "Dh' éigh Maois ri Iehobhah." Anns gach duileadas is cunnart a thachair air dh' iarr e solus is còmhnuadh o Dhia. Thug e gach cuis chuige ann an ùrnuigh, agus thug Dia freagairt dha. Bheir Dia gu cinnteach solus do'n duine a dh' eigeas ris gu dùrachdach an uair a tha e ann an iom-chomhairle, agus a bu mhaith leis seòladh fhaotainn. Cuiridh e mach cuige a sholus agus fhìrinne.

Cha d' fhàg Dia a shluagh ann am Màrah ag òl an uisge a bha searbh ; threòraich e air an aghaidh iad gu Elim far an robh dà thobhar a dheug uisge agus deich agus trì fishead craobh phailme ; agus champaich iad an sin. Bha Elim do'n luchd-turuis sgith mar ghàradh an Tighearna ann am meadhon an fhàsaich ; dh' aisigeadh am beatha agus am misneach air ais dhaibh an uair a chaisg iad an iotadh aig fhuarain, agus a fhuair iad fasgadh bho 'n teas fo sgàile nan craobh.

### Eiseimpleir dhuinne.

Ann a bhi mìneachadh an t-Seann Tiomnaidh cha téid sinn fada ceàrr ma leanas sinn an t-abstol Pol, agus tha Pol ag ràdh (I Cor. x. ii.) gu'n do thachair na nithean

ud do chloinn Israel mar eiseimpleir dhuinne. Faodar an imeachd anns an fhàsach a ghabhail mar shamhladh air beatha mhic an duine agus air turus a' Chriosduidh anns an t-saoghal. Tha Màrah air chor-eigin ann am beatha gach duine, fiosrachadh no freasdal a tha searbh. Chan 'eil e sòlasach a bhi ag òl uisgeachan searbh, ach ann an dòighean iongantach ni Dia milis iad d'a shluagh. "Tha smachdachadh, am feadh a tha e làthair, doilgeasach : gidheadh, 'na dhéidh sin bheir e mach toradh sìochail na fireantachd dhaibhsan a bha air an cleachadh leis." Léighsidi feartan dìomhair Dhé an eridhe leònte, agus curidh e òran nuadh ann am beul an dream a bha ri caoidh. Ma dh' fhanas neach ann an co-chomunn Dhé bidh eòlas aige air a chaomhalachd. "Tha a dhol a mach cinnteach mar a' mhaduinn ; agus thig e d' ar n-ionnsuidh mar an t-uisge." (Hosea, vi, 3.) An déidh Mharah tha Elim, agus treòraichidh am Buachaille Maith a chaoraich làimh ri tobraighean fionnar agus ann an cluaintean gorma. Ma dhearbas Dia a shluagh ann am Marah, ùraichidh e an neart agus an dòchas ann an Elim ; agus ni e am fasach coimheach dhaibh 'na àite thobraighean.

Ann an turus a' Chriosduidh air thalamh bheir an t-sligte e troimh ghleann Bhaca agus gu Beinn a' Chruadail, ach tha Elim air an cùl, agus an uair a ruigeas e na tobraighean fionnar agus na craobhan pailme cha bhi cuimhne aige air deacaireachd na sligte na's mó.

## Anns a' Choille Bheithe

AN dràsd 's a rìs 'n a leabhrachaens-sgrìobhaidh tha Uilleam Leishman a' tighinn thairis air an àireamh mhór de thuathanach a thug bàs-sgiorraidh orra-fhéin leis an deoch.

Ged nach 'eil an là, no am mìos, no a' bhliadhna, air an ainmeachadh tha mi an dùil gur ann ann am bliadhnanachan a' Chogaidh (1914-18) a sgrìobh e so :

"Ged tha cridhe leòmhainn aig Lloyd George ri uchd na nàmhaidh tha eagal orm nach 'eil de mhisнич aige na chuireas as do na tighean-seinnse, ged tha e a' bruidhinn uime o chionn greis. Sin nàmhaid do Bhreatunn as miosa na'n Caesar. Bhithinn a' cluinntinn m'athar ag ràdh an uair a bha mi 'n am bhalach, gu'm biodh an dara leth de na tuathanach mhóra a bha dol gu Féill na h-Olainn an Inbhir-nis air an daoraiach a h-uile oidhche, agus air an giùlan do'n leabaidh. Bho na ghabh mi aonta air

*Leacámas chunnaic mi aon deug de na tuathanach anns a' choimhlearsnachd a' dol a dhìth leis an uisge-bheatha, agus a' toirt an teaghlaichean gu bochdainn no gu bròn. Chuir fear dhiubh làmh 'n a bheatha fhéin ; bha triúr dhiubh air am marbhadh air an ràthad-mhór agus iad air an dalladh ; bha dìthis air an toirt do Cheann Loch Gilb ; agus an fheadhainn eile air an cur a mach as an fhearrann a chionn gu'n d'òl iad na bha aca de'n t-saoghal. 'N am òige cha robh e air a chunnas 'n a ni nàrach gu'm biodh duine air fhaicinn a' tighinn dhachaidh o'n mhargadh agus an daorach air, agus chan 'eil mi an dùil gu'n d'fhuaras riamh coire do thuathanach sònruichte a bha 'n a fhoirbheach an eaglais Chille-sgumain ged bhiodh na foirbhidh eile, agus an coimhthional, 'g a fhacinn a h-uile Di-haoine a' tighinn dhachaidh o'n mhargadh agus e cho láin ri buideall. Mur bheil daoine an diugh*

*na's cairdeile no na's coibhneile ri chéile  
na bha iad o chionn trì fichead bliadhna  
tha iad na's stuama co dhiu, agus na's  
nàraiche a thaobh daorach a ghabhail."*

B'e Uilleam Leishman a' cheud fhearr ann an Cille-sgumain, agus anns na h-àitean eile anns an robh fearann-chaorach aige, a stadh de bhi tort uisge-beatha do'n chuid eachdha bhiodh cruin aig àm lomaidh, no àm tumaidh, agus bha magadh gu leòr air a dheanamh air an fhasan ùr so an toiseach. Ach bha an t-ullachadh eile bhiodh e a' deanamh air son chìobairean agus choimhearnach cho gasda agus cho neo-ghann's nach do chuir duine riamh as a leth gur e an spioacaireachd a thug air seana cleachd-aidhean an fhaing a thréigsinn. Ach cha do lean ach glé bheag de na tuathanach eile am fasan ùr; cuid dhiubh a chionn nach robh de mhisнич aca dram a chumail o dhaoine eile leis am-bu toil e, agus cuid dhiubh a chionn nach faca iad fang riamh gun uisge-beatha air là rùsgaith, agus gu'n saoileadh iad nach robh an gnothuch ceart mur biodh dram uime.

Anns a' chuid mhór de'n Ghàidhealtachd tha an t-uisge-beatha a nis air a chur as aig tiodhlacadh nam marbh, a chionn gu bheil am mac agus an t-ogha na's túraile (anns a' cheum so co dhiu) na'n t-athair agus an seanair, agus bu mhaith an gnothuch na'n robh e air a chur as cuideachd aig gach cruinneachadh far am bi ciobairean agus geamairean agus sealgairean a' coinneachadh; aig faing a rùsgadh chaorach; aig an tigh-mhór a thilgeadh chearcan-fraoich; air a' bheinn a ruagadh shionnach; no aig ceann an tighe-sheinnse a ghunnaireachd. Ged tha na Gàidheil gaolach air soda a ghabhail ann an spàinn an déidh am bìdh (tha dotairean ag ràdh gu bheil barrachd soda air a ghabhail mar so anns na h-Eileanan an Iar na ann an àite eile am Breacunn) tha iad anabarrach tàireil air soda mar dheoch, agus tàireil air dibheanna anns nach 'eil smuais no beirm no breab.

"A bheil tigh-òsda maith anns an àite so anns a bheil leaba ri fhaotainn?" arsa coigreach ri fear de mhuinntir an àite.

"Chan 'eil gu dearbh," ars an duine, "chan 'eil ann ach tigh-uisge-soda (Temperance Hotel), tigh nach fhiach dhuit dol ann."

Bhiodh Uilleam Leishman a' dol a h-uile bliadhna gu Cattle Show a' Chomuinn Ghàidhealaich; anns na leabhraichean-sgriobhaidh aige tha iomradh an suid agus an so air daoine a thachair air aig an t-Show, agus air beathaichean a chunnais e. Ged nach robh e fhéin a' gleidheadh ghearran,

no a bheag de chrodh Gàidhealach air gin de na fearainn a bha aige, is ann air an oisean far an robh an crodh Gàidhealach agus na h-eich Ghàidhealach air an tarruung air beulaibh nam Breitheamhna a bheireadh e a aghaidh an toiseach an uair a rachadh e a steach do'n t-Show. Ann an 1914 sgriobh e so ann am fear de na leabhraichean.

*"Bha mi aig an t-Show ann an Hawick, agus b'e an rud a b'fheàrr a thaitinn rium companas a bha agam fad là agus oidhche ri Astralianach a thàinig a dh'aon ghnothuch a cheannach leth-dusan loth Clydesdale agus leth-dusan agh Gallda a bheireadh e a mach a mhathachadh an stuic a bha aige air fhearrann. Thachair sinn ri chéile anns an tigh-òsda anns an robh mi a' fuireach; thubhairt e rium nach robh aige ach aon seachduin ann an Albainn, agus anns an t-seachduin sin gu'm bu mhaith leis (1) uaigh 'aithriclean fhaicinn ann an Obar-eathain, (2) an stoc aig Uilleam Dunlop agus Seumas Howie fhaicinn an Ionar-àr, agus an comhairle agus an cuideachadh fhaotainn anns a' mhalairt a bha foidhe a dheanamh; (3) Lloyd George fhaicinn agus a chluinnntinn na'n gabhadh e deanamh, agus (4) sealladh fhaotainn air caisteal Dhun-éideann agus Eilean I.*

*Thubhairt mi ris gu robh eagal orm gu'm feumadh e eilean I a leigeil seachad, ach gu'n gabhadh an còrr de na bha air aire a dheanamh, a chionn gu robh Uilleam Dunlop agus Seumas Howie aig an t-Show, agus gu'm faodadh e a shiubhal agus a ghnothuch a dhèanamh aig an aon àm. Bha mi toilichte e bhi 'n am chomas turus a' choigrich a dheanamh rud beag na bu réidhe dha na bhitheadh e as m'eugmhais, agh bu duine e a réir mo chrìdhé féin, agh a mhàin gu robh a leithid de chabhaig air. Cha b'urrainn e a bheul fhosgladh gun rud-eigin anns an robh sùgh no neònachas a ràdh. An uair a bha sinn a' dealachadh thubhairt mi ris, na'n tigeadh e air ais uair eile a dh'Albainn, gu'm bithinn ro thoilichte fhaicinn ann an Leacamas, agus gu'm faigheadh e an gréim bu mhìlse air mo bhòrd. Cha robh anns an fhacal ach falal fhéin, falal a thàinig gu'm theangaidh ann an làrach nam bonn, agh cheap an t-Astralianach am falal, agus anns a' mhionaidh thubhairt e, "Agus ma dh'fhaodas mi fharraidh ciod an gréim as mhìlse air do bhòrd?" Ged nach robh 'n ar seanchas ach cleasachd agus 'buille mu seach' fhreagair mi gu sòluimte, "Tha fhios aig an t-saoghal gur e an gréim as mhìlse air a' bhòrd aig tuathanach-chaorach crioman de shliasaid trì bhliadhnaich mult." Chan e an*

t-sliasaid ach an slinnean," ars esan, "an crioman as fheàrr, nach 'eil am Biobull ag innseadh dhuinn gu'n d'thug Samuel aithne do'n chòcaire an slinnean a chur air beulaibh Shauil, an rìgh, agus tha an gréim as milse air a thoirt do righrean daonna? " Bha mi duilich dealachadh ri companach cho inntinneach.

Cha robh na h-eich Ghàidhealach faisg air a bhi cho maith am bliadhna 's a bha iad an uiridh, agus cha mhò a bha an crodh Gàidhealach cho maith, ach ma bha a' chuid so de'n t-Show air ais am bliadhna cha robh na h-eich throma air an ais; chan fhaca mo shùl riamh leithid nan each a bha aig Uilleam Dunlop. Chan fhàsainn sgith ged chuirinn seachad leth an là a' dol mu'n cuairt air capull searrach a bha aige ann, "Dunure Chosen." Bha té eile ann le Kerr ann an Harvieston nach robh dad air dheireadh oirre, mur robh i na bu bhòidhche, "Harvieston Phyllis."

Bha Aonghas Stiùbhard, an Alt Bheithe, an Ros, 'n a Bhreitheamh air na h-eich Ghàidhealach agus Rob MacDharmoid 'n a Bhreitheamh air a' chrodh Ghàidhealach, ach ged thug an Stiùbhardach an t-urram a b'èirde do thrì-bhliadhach donn, "Mountaineer" le Rob Montgomerie, am Bothrainich, dlùth do Bhaile-chloichridh, cha bu toigh leam an t-each idir, ged bhiadh a 'n a each-diollaид glé ghrinn na'n robh e air a ghearradh. Bu mhairg a choimeasadh e ris a' chapull lurach a bha air thoiseach an uiridh am Paislig agus searrach 'n a cois, "Lady Louise," le Diuc Atholl. Ach cha b'e an Diuc fhéin a thog i; tháinig i as a' Mhanachain, an Aird Mhic Shìmidh.

Is e tarbh le Iarla Southesk a choisinn an t-urram a b'èirde, ach b'e an crodh Gàidhealach a b'fheàrr leam ann an Hawick an crodh agus na h-aighean aig Craig Sellar an Aird-tòirinnis. Ged bhithinn a' cluinn-tinn m'athar agus Para Robastanach, am Blàr, agus daoine eile a bu sgileile na mi fhéin, ag ràdh nach fhacas riamh crodh Gàidhealach a b'fheàrr na seana stoc Bharaghad-Albann (as an robh stoc Dhiuc Atholl air a tharruing) chan 'eil uair riamh a chunnaic mi crodh Aird-tòirinnis còmhla riù nich b'e feadhainn Aird-tòirinnis mo roghainn. Théagamh gu robh crodh Pheairt na bu tiugha agus na bu truime, agus na bu làidire anns a' chnàimh, agus anns an fhionna, ach bha iad na bu truime anns a' cheann agus na b'fhaide anns an aodann, agus cha robh iad cho aotrum no cho uasal no cho curaideach 'n an coiseachd agus 'n an gluasad ri crodh Aird-tòirinnis. Bha cinn agus bus agus amhaicheadh air a' chrodh

aig Valentine Smith a chuireadh farmad air ban-phrionnsa. Bhiodh m'athair ag ràdh gur e an tarbh a b'fheàrr a chunnaic e riamh "Calum Riabhach," a bha am buaire Diuc Atholl m'an deachaidh e do Phol-talloch, ach ma bha e na b'fheàrr na "Laoch," a rugadh am buaire Iain Stiùbhard, an Eathasaidh, feumaidh gu robh e maith da-rìreadh. Ach de na chunnaic mise riamh de chrodh Gàidhealach bheirinn an t-urram do mhart dubh á Aird-tòirinnis a bha cho bòidhche agus cho uasal 'n a coslas 's gu'm bu mhaith leam a h-ainm "Sgìathach" atharrachadh agus "Dealbh na maise" a thoirt oirre.

Mar thubhaint mi cheana bha Uilleam Leishman 'n a fhòrbheach anns an eaglais agus bhiodh e a' dol inntle air dà cheann an là a h-uile Sàbaid, agus air uairean bhiodh e a' sgrìobhadh 'n a leabhar-là ma chuala e anns an eaglais ni-eigin a chuir gu smuaineachadh e. Air an là mu dheireadh de'n bhliadhna ann an 1916 sgrìobh e so.

Cha robh na ministearan ag ràdh uiread 's a bu chòir dhaibh mu pheacadh an duine roimh làithean a' chogaidh, ach a nis tha iad ag ràdh na's lugha air fad; tha eagal orm gu bheil iad a' creidsinn 'n an crìdhe an rud a bhios clann an t-saoghal ag ràdh le am bilean, nach 'eil ann am peacadh ach facal leis am bi diadhairean a' cur eagail air intinnean leanabail. Och, och, mo thruaighe!, chan urrainn mise gun bhi a' smuaineachadh air mo chor fhéin mar pheacach, oir a h-uile là a dh'éireas mi tha mo pheacadh féin a' tighinn eadar mi agus Dia, am peacadh a tha 'n am bhuill agus 'n am intinn agus 'n am thoil, a' milleadh mo thraigse agus mo bhreithneachaidh, air chor agus nach 'eil mi a' gluasad no a' tighinn beò anns an t-solus ghlan sin anns am bu chòir do chloinn Dhe imeachd. Cha ruig mi a leas sealtainn bhuam air son lorgan a' pheacaidh; tha e maille rium a ghnàth ann an cruas agus ann an luaineachas mo chridhe féin, ann an ceannairceas mo thoile an aghaidh àitheantan naomha Dhe, agus anns a' ghaol a tha aig m'fheòil air fantuinn air falbh o Chalbhari air eagal crois an t-Slanuwheir a ghìulan. Chan e am peacadh as mó a bhios a' cur eagail orm am peacadh a tha ann am buill mo chuirp ach am peacadh a tha an tobar mo thoile agus ann an cuibhlicean mo smuaineachaidh, air chor agus gu bheil e eu-comasach dhomh earbsa air bith a chur 'n am fhàireantachd féin, no éolas eile fhaotainn air Dia ach an t-edlas a tha peacach a' faotainn air mar Fhear-saoraidh.

## Anns a' Chathair

BLIADHNACHAN mu'n do shiubhail e thubhairt mi ris an t-Siorram Iain Mac-a-Mhaighstir Caimbeul gu'm bu chòir dha m'am fàilnicheadh a chuimhne eumtas firinneach a sgrìobhadh mu obair na *Land League* anns a' Ghàidhealtachd. Dh'aontaich e leam gu'm b'fhiach an rud a dheanamh, ach nach freagradh e dhàsan, a bha ann an seirbhis a' Chrùinn mar Breitheamh, eachdraidh nan làithean ud a chur an clòdh, co dhiu cho fad 's a bhiodh e 'n a shuidhe ann an Cathair na Cùire.

Dh'fhalbh an Siorram còir, agus tha a nis gineal tùr ag éirigh suas anns a' Ghàidhealtachd nach euala riamh ionradh ceart air na daoine a thug air a' Phàrlamaid laghannan an Fheàrrainn anns a' Ghàidhealtachd atharrachadh, ged is e *Achd nan Croitearan* an feasachadh as fheàrr a rinneadh riamh air cor na tuatha anns a' Ghàidhealtachd, agus gu sònruchte anns na h-Eileanan. O chionn dà bhliadhna chuala mi oileanach òg à eilean Thiriodh a' seinn òrain a bha air a dheanamh do Dhòmhnull MacPhàrlain le fear de bhàird na *Land League*, bàrd Bhaile Mhàrtainn, ach an uair a dh'fhaighnich mi dheth an robh fhios aige cò e Dòmhnull MacPhàrlain thubhairt e nach robh. Sin mar tha seanchas agus eachdraidh ar sluaigh a' dol as ar cuimhne. Eirionnach uasal a bha anns an Ridire Dòmhnull MacPhàrlain, a sheas gu làidir air taobh nan Croitearan, agus a bha air a chur do'n Phàrlamaid le muintir Earr a Ghàidheal. Chan 'eil ach gu bheil cuimhne agam gu'm faca mi e, agus chan 'eil de chuimhne agam air ach gu robh peiteag gheal air, agus an fleusag a b'fhaide a chunnaic mi air duine riamh.

An diugh tha gu leo'r de dhaoine air fàs cho suarach mu riaghladh na dùthcha 's nach cuir iad de dhragh orra fhéin dol a mach a chur an crois air paipear, mur cuirear carbad a dh'ionnsuidh nan dorsan aca 'g an iarraidh, agus tha gu leo'r de dhaoine cuideachd aig a bheil guth-taghaidh aig nach 'eil fhios gu bheil. Ach anns na làithean ud bha an fheadhainn aig an robh guth-taghaidh mór asda fhéin a chionn gu robh e aca; chumadh iad suas an cinn, is chuireadh iad orra an aodach Sàbaid is choisicheadh iad fichead mile a dheanamh an dleasdanais do'n rioghachd.

An àm na *Land League* dh'fheumadh muinntir Thiriodh dol do'n Ros Mhuileach, astar fichead mile thar chuan, mur bheil an còrr, a chur an crois air a' phaipear, ach bha ful dhaoine teth a thaobh chûisean an Fheàrrainn, is rachadh iad do'n Ros a

dh'aindeòn tinneas-mara no stoirm. Aon de na h-uairean a bhatar a' cur a steach Dhòmhnull MhicPhàrlain do'n Phàrlamaid bha an latha cho gabbhaidh 's nach deanadh an *Hebridean* feum aig a' phort, ach thog na daoine geòla mhór air an guaillean, agus ghiùlain iad i gu Loch Ghòt far an deachaidh iad air bòrd. Ged bha an là cho gabbhaidh bha aon seann duine air a thogail as an leabaidh, le mhac fhéin, air a shuaimeadh ann am plaideachan ann an cairt a chaidh ceithir mìle leis, agus an sin air a chur air bòrd anns a' bhàta. Bha duil aig daoine nach tigeadh e air ais beò, ach thàinig. Cha b'iongnadh ged thug na coimhearsnaich air mac cho eudmhor an t-ainm *Gladstone*.

*Thug an sluagh le urram spéis dhuit  
A dh'aindeòn luchd-tuaileis bréige ;  
Is rinn iad àite-suidhe réidh dhuit  
An St Stéphen ann an Sasunn.*

*Moch Di-ciadaoin bha sinn deönach  
Gu bhi dileas dhuit 's a' chòmhstri ;  
Bàta b'fheàrr chàidh riamh a sheòladh  
Cha tigeadh i a choir a' chala.*

*Thog sinn bàta air uallach-guailne  
Gu Loch Ghòt 's b'e port a' chruidail,  
Dhol gu Muile nam beann fuara  
Dh'aindeoin doinnionn cuain is gaillinn.*

*Tha do chàirdean leat 'g ad chòmhnuadh  
Gu bhi seasamh taobh na cròach  
Am Frisealach is Mac-an-Tosich  
'S an t-Urramach òg MacCaluim.*

B'e an t-Urramach òg, Dòmhnull MacCaluim a bha 'n a mhiniastir an sgìr Hinipoil, an Tiriodh, agus 'n a dhéidh sin an sgìr nan Lochan, an Leòdhus. B' esan agus a bhràthair a bu shine, Calum, a bha an sgìr Mhucarna, an dà mhiniastear ann an Eaglais na h-Alba a b'eudmhoire a sheas a mach air taobh nan croitearan anns na làithean ud. 'S iomadh litir a sgrìobh iad, agus òraid a liubhair iad, as leth na tuatha anns a' Ghàidhealtachd, ach faodar a ràdh umpa fèin an diugh agus mu na daoine làidir eile a dh'oibrich còmhla riu mar thubhairt an Searmonaiche,

An cuimhne dh'fhalbh, is dh'fhalbh an aimm,  
Chan aithnichear iad, 's chan aithne dhaibh.

Cò an diugh am measg òigrìdh na Gàidhealtachd d'an aithne ach glé bheag de na daoine so? Iain Murdoch (Murchadh an Fhéisidh); Alasdair MacCoinnich (Clach na cùdainn); Aonghas Sutharlan; I. G. MacAoidh, Port-righ; Iain Mac-a-Phearsain, an Gleann-dail; Maolisa MacAonghais, am Port-righ; Dòmhnull MacRath, am Bail-Ailein; Ruair-

idh Bàn, an Leòdhus, ris an abairte am Pàpa, Tormod Stiubhart ris an abairte *Parnell*; Lachlann MacGill-eathain (Collach) aig an robh bùth anns an Oban, agus feadhnainn eile de'n t-seòrsa sin aig an robh teine 'n an ènàmhan nach leigeadh leò a bhi 'n an tosd anns a' chòmhstria a bha dol air aghaidh eadar 1880 agus 1890.

Chan 'eil cuimhne agam-sa air ceud thoiseach na *Land League* anns a' Ghàidhealtachd, oir bha Iain Murdoch a' feuchainn ris an t-sluagh a dhùsgadh as am meatachas m'an do rugadh mi, ach tha mi an dùil gur ann an 1881 a bha meuran de'n League air an cur air chois air feadh na dùthcha uile. Co dhiu bha glaodh na Gàidhealtachd cho àrd agus cho eiginneach 's gu'm b'fheudar do'n Phàrlamaid *Commission* no luchd-meas a thaghadh ann an 1882, agus an cur do'n Ghàidhealtachd a rannsachadh gach ni a bhuiheadh do ghearan an t-sluaign.

B' e sin an *Commission* a b'fheàrr a thàinig do'n Ghàidhealtachd riagh, ged thàinig iomadh fear eile ann 'n a dhéidh; MacCinnich Gheàrr-loch, Camshronach Loch-iall, Teàrlach Friseal Mac-an-Tòisich, M.P., an Siorram MacNeacail, Dòmhnull MacFhionghuin, Ard Fhearr-teagaisg na Gàidhlig, an Oilthigh Dhùn-éideann, agus am Morair Napier air an ceann mar fhear-cathrach. Ma chuala mi am Professor 'g a ràdh aon uair, chuala mi e 'g a ràdh fichead uair, nach b'urrainn a' Phàrlamaid Ceann a b'fheàrr fhaotainn do'n Chommission na Napier, anns an robh ceartas agus uaisle nach gabhadh lùbadh.

Cha d'fheuch an Commission ri dad a thoirt do'n Phàrlamaid ach an fhìrinn lom, mar fhuair iad sin o fhianaisean a bha air am mionnan, ach bha an sgeul cho brònach agus cor an t-sluaign cho truagh 's gu'n do chuir a' Phàrlamaid làmh ann an Achd nan Croitearan gun móran ùine a chall. Am bitheantas gabhaidh ubh de'n t-seòrsa so ùine mhaith 'g a ghur, m'an-tig an t-eun as, ach anns na làithean ud bha buidheann de dhaoine smiorail ann an Tigh nan Cumantan, daoine a bha air an cur ann leis na siorramachdan Gàidhealach a dh'aon ghnothuch gus

an cùis a thaobh an fheareann a thagar; Dòmhnull MacPhàrlain, an Earra Ghàidheal. Friseal Mac an Tòisich, an Inbhir-nis; an Dotair Mac-a-Chléirich, an Gallaibh; agus fear no dhà eile.

An uair a bha an t-Achd 'g a dheanamh anns a' Phàrlamaid, fo chùram agus fo làimh Theàrlaich Trevelyan, thog na Gàidheil an guth 'n a aghaidh a h-uile latha air a' bhonn nach robh e a' sguabadh as gu buileach cumhachd nan tighearnan thairis air an fheareann. Ach fad na h-ùine bha iad toilichte gu leòr leis, oir thug e do'n chroitear an dà rud a bu mhò a bha dhith air, (1) còir air a' chroit cha fad 's a phàigheadh e am mèl, agus (2) am mèl a bhi air a shuidheachadh le luchd-meas. A thuileadh air sin feumaidh an t-uachdaran éirc reusonta a thoirt do'n chroitear air son mathachadh air bith a bha air a dheanamh air a' chroit no air na tighean, ma tha e 'g a fàgail.

Ach ged bha fuil dhaoine anns a' Ghàidhealtachd teth anns na làithean ud, agus ged chuir cinn na Pàrlamaid soithichean-cogaidh agus saighdearan do'n eilean Sgitheanach agus do Thiriodh air eagal gu'n éireadh tuasaid, cha do rinn an sluagh dad a ruigeadh a leas näire a chur orra an déidh làimhe. Cha robh tighearna, no bàillidh, no maor, air a mharbhadh no air a dhochunn, ged bu mhòr fearg an t-sluaign ris an t-Siorram Ivory. Cha b'ann mar sin a bha cùisean an Eirinn.

Ach ma bha fuil dhaoine teth anns na làithean ud a thaobh cùisean an Fheareann chan 'eil am fuil teth an diugh, agus ged shéideas Lachlann Grannd an fhìdeag chan 'eil a' mhòr-chuideachd a' gabhail suime; tha e mar ghuth a' glaodhach anns an fhàsach. Ciod an t-aobhar gu bheil an sluagh leth-choma no làn-choma? Tha, a chionn nach 'eil gearan aca. Annas na làithean ud bha eucoir air a dheanamh orra, agus bha gearan aca, ach chan 'eil fòirneart air a dheanamh orra, agus cha mhò a tha gearan aca an diugh, ach a mhàin gu bheil an sluagh a' fas tana, agus nach 'eil barrachd a dh'airgiod na rioghachd air a chosd air a' Ghàidhealtachd. Ach cha ghearan sin a chuireas teas ann am fuil dhaoine.

## Aig an

An t-Urramach Alasdair Mac an t-Sagairt,  
M.A.

AIR an taobh-duilleig so tha iomradh air a dheanamh glé thric air na mairbh ach anns an àireamh so tha e iomchuidh gu'm biodh iomradh air a dheanamh air a' bheò, seana mhiniestear Ghlinn-eilge a tha fhathast an

## Uinneig

deagh shlàinte ged tha e leth-cheud bliadhna an dreuchd na ministrealachd.

Bha e dà fhichead bliadhna 's a trì 'n a Chléireach aig Cléir Loch Carrann, agus mar chomharadh air a' mheas a bha aig a' Chléir uile air thug iad dha o chionn ghoirid dinnear fhollaiseach, aig an robh tabhartas-

gaoil air a thoirt dha ann an airgiod, agus clàr riomhach air an do rinn a' Chléir luaidh air a thàlantan, agus air a chliù, agus air obair.

Bha e 'n a Chléireach ann an Seanadh Ghlinn-eilg o 1911 gus an robh an Seanadh sin air a shlugadh suas aig àm an Aonaidh le Seanadh Rois, Chataibh, agus Ghallaibh.

Shaoileadh tu gu'n giorraicheadh obair a' Chléirich beatha a' mhinisteir as làidire anns a' Chléir, ged nach biodh ann ach gu bheil aige ri bhi sìtheil agus faidhidinneach ri bràithrean crosta, ach an àite am beatha a bhi air a ghoirrachadh tha mi an dùil gu bheil na Cléirich a' faotainn saoghal na's fhaide na càch. Am bliadhna fhéin ràinig dithis Chléireach air a bheil mi gu maith eòlach an *Iubilee*, agus tha a choslas orra le chéile gu'm meal iad an saorsa iomadh là fhathast.

Bho'n is cuimhne leam bhithinn a' cluinnintinn mhinistearan eile a' bruidhinn air Mghr Mac an t-Sagairt mar "mhiniestar maith sgìre." Thòisich e ann an Gleann-Eilg agus chrìochnaich e ann an Gleann-Eilg; toilichte le chramhneur, eudmhòr anns gach eùis a bhuineadh do chor spioradail an t-sluaigh, agus èasgaidh anns na gnothuicheadh aimsireil a dh'fheumas ministearan a ghabhail os làimh.

A thuilleadh air gu'n robh e daonnan air cheann a ghnothuich 'n a sgìr féin bha e fritheilteach cuideachd air dol do na coinneamhan an Dùn-éideann, far a bheilear a' sealltainn thairis air obair na h-eaglais, agus chan e mhàin gu'm biodh e air uairean a' bruidhinn aig na coinneamhan sin, ach bhiodh a chomhairle glé thric air a gabhail. Gu ma fada a mhealas Mghr Mac an t-Sagairt a shlàinte agus làithean a shaorsa.

### Tha an càrdeas mar a chumhar e.

Ma thoimhsear na h-Eirionnaich leis an fhacal so nach beag a tha annta de fhuil no de spiorad uasal ar daoine-ne. Breatunn air a h-uilinn agus an Roinn Eòropa uile an cunnart saorsa a chall, ach tha Eirinn caoinshuarach, agus is coma leatha ciod a dh'éireas do Bhreatunn, ris nach 'eil taobh air bith aice ach gammhas. A thaobh cròn a dheanamh do Bhreatunn cha rachainn an urras air De Valera na's mò na rachainn an urras air Hitler fhéin. Tha teachdaire Hitler 'n a shuidhe ann an Ath-chliath, a' faotainn fiosrachaidh a tha feumail do'n Ghearmailt, agus gun näire air bith air na h-Eirionnaich gu bheil. Bàtaichean-bathair

Bhreatuinn 'g an cur fodha le bàtaichean-fhuinn na Gearmailte, a mach o chladach Eirinn, ach cha leig Eirinn leinn ar daoine no ar bàtaichean a dhòn le feum a dheanamh d' am bailtean-puirt no d'an acarsaidean. Sin agad càrdeas nan Eirionnach !

### An Ràidheachan Soisgeulach.

Anns an àireamh mu dheireadh de'n Ràidheachan so tha dhà no tri de phaipearan a leugh mi le ro-aire a chionn gu bheil iad a' buntainn ri cuspairean a bhos daonnan 'n an cuspairean beò ann am beatha na h-eaglais, gu sònruichte dà phaipear a bha air an sgrìobhadh leis an Urramach G. W. Bromileg, M.A., agus leis an Ard shear-teagaisg, an t-Urramach G. T. Thomson, D.D., an Oilthigh Dhùn-éideann, mu fhoillseachadh an Ti Naoimh air féin, agus mu mhìneachadh an Fhacail a tha againn anns na Sgriobturan.

Tha an anal aig Karl Barth, diadhair nach urrainn gearan a dheanamh air an fhaidhidinn leis an d' eisdeadh ris o chionn bhliadhnaagan, a chionn gu bheilear a' saoilsinn gur fàidh e a tha an dà chuid ùr agus sean, a' seideadh gu làidir anns na paippearan sin, ach ged nach 'eil dad annta ris nach 'eil mo chridhe ag aontachadh tha ni-eigin annta le chéile a tha mo reuson a' cur 'n a aghaidh, an t-amharus a tha aca nach e solus a tha ann an solus reusoin a threòraicheas mac an duine gu Dia athair. Ann an seagh tha sin fior gu leòr, ach tha e a cheart cho fior nach gabh Faical, no Fòillseachadh, no Meadhon, no Guth eile ris a bheil Dia a' labhairt ri duine dealachadh o sholus a reusoin. Cha toigh leam idir idir am fasan so a tha a' toirt air diadhairean a bhi a' diomoladh reuson mhic an duine ann an nithean spioradail, agus ag ràdh nach foillsich Dia e féin gu bràth anns an t-solus sin. Tha firinn anns an teagasc sin, ged nach 'eil an flìrinne uile ann; ach b' aithne do dhaoine ciùin i fada m'an do thòisich deisciobuil Barthair a glaodhach air na sràidean. An uair a tha rud air a ghlaodhach ro thric agus ro làidir tha an rud sin fhéin ag atharrachadh a dhatha. Is maith a' choinneal solus reusoin anns gach ni fo'n ghréin.

Ach chan ann idir a' faotainn coire do na paippearan ud a tha mi, oir tha àileadh agus blas maith na diadhaidheachd annta le chéile, ach is maith leam rabhadh a thoirt dhomh fhéin an dràsd agus a ris, gu'm bu cho maith dhomh teagamh a chur ann an Dia ri teagamh a chur anns an reuson a thug e dhomh.

## Comunn Nan Càirdean

ANN an eaglais Chriosd air thalamh tha iomadh seòrsa dhaoine, ach 'n am measg uile chan'eil seòrsa idir air a bheil coslas na h-irioslachd agus na diadhaidheachd cho soilleir 's a tha e air na daoine sin ris an abair an saoghal na *Quakers*, ach ris an abair iad féin, Comunn nan Càirdean. Chan'eil iad lìon-mhor, ach air a shon sin tha iad cumhachdach anns a h-uile dùthach anns a bheil iad : na 's cumhachdaiche na eaglaisean eile a tha fhichead uiread riù. Bheir luchd-riaghlaidh an t-saoghal gíoll do no *Quakers* an uair nach eisid iad ri comuinn Chriosdail eile, agus is e an t-aobhar air sin gu bheil fhios aca gu maith gu bheil na *Quakers* daonnaan dileas agus seasmhach 'n an aidmheil, agus nach lùb iad an glùn ann an teampull Rimmoin.

B' e athair a' chomuinn so Seòras Fox, Sasunnach a rugadh ann an 1624. An uair a bha e mu naoi bliadhna deug thàinig e fo bhuaidh an t-soisgeil. Dh' fhàg e a dhachaidh agus a chàirdean mar a rinn Eòin a' Bhaistidh, ag iarraidh an t-soluis ann an uaigneas agus ann an co-chomunn ri Dia. An ceann greis thòisich e air searmonachadh, agus 'na shearmonachadh labhair e cho làidir ri Eoin fhóin an aghaidh dhaoine agus bheachdan nach robh a' còrdadh ris, gus mu dheireadh an do chuireadh anns a' phrìosan e. Cha bu toigh leis sagartan, no luchd-lagha, no saighdearan, oir bha e de'n bheachd gu robh an obair aca calg-dhireach an aghaidh prionnspalan an t-soisgeil. Thug e oilbheum dhaibh sin, agus do iomadh neach eile aig an robh làmh ann an nithean a bha e a' diteadh, air chor agus gu robh e air a ruagadh o mhòd gu mòd, agus o phrìosan gu priosan. Ach cha b' urrainn da fuireach sàmhach.

Sin, mata, an duine a chuir air chois  
Comunn nan Càirdean, agus gus an là an  
diugh is ann ri teagasg Sheòrais Fox a tha  
iad a' leantuinn, ged a dh' fhaodas rud beag  
de atharrachadh a bhi air a dheanamh air a  
thecagast ann am puing no dhà. Am measg  
na feadhannach a b' ainmeile d'a dheisciobuil  
faodar iad so a chunntas, Uilleam Penn,  
E拉斯aid Fry, agus Iain Bright.

A thaobh litir a' chreidimh theagamh nach  
'eil dealachadh mòr air bith eadar na *Quakers*  
agus Criosduidhean eile, ach a thaobh spiorad  
am beatha agus an giùlan anns an t-saoghal  
tha iad comharrachta am measg chàich,  
agus faodar a ràdh cuideachd gu bheil iad a'  
leantuinn ann an ecumanna nan abstol na's  
dilùithe na eglaisean eile.

Tha iad a' eur cudthrom mòr air an fhìrinne so, gu'n do chuir Dia, tre Iosa Criod a mhac, solus ann an anam an duine, solus a nochdas dha ciod a tha Dia ag iarraidh air a dheanamh, agus a bheir dha neart gus àitheantan Dhé a choimhead. Tha iad a' stéidheachadh an teagaisg so air briathran an abstoil Eoin a tha ag ràdh gur e Criod beatha agus *solus* dhaoine; an *solus fior*; an *solus a tha soillseachadh gach uile dhuine a thig a steach do 'n t-saoghal*. Tha an solus so ann an anam a h-uile duine, ach is e a mhàin iadsan a tha leantuinn an t-soluis a tha 'n an cloinn do Dhia. A mheud agus nach 'eil a' glasasad a réir an t-soluis, cha bhuiin iad do Dhia, ged a dh' fhaodas iad a bhi 'n an luchd-aideachaidh. Ged tha an solus so ann an anam an duine chan ann o'n duine fhéin a tha e aich o' Dhia; thàinig an solus o' Dhia, agus bheir e dhachaighd gu Dia a mhend agus a bhios 'ga leantuinn.

Do bhrígh gur e an solus so anail agus Spiorad Naomh an Tighearna, a tha soills-eachadh inntinn mhic an duine a thaobh an t-saoghaill neo-fhaicsinnich agus diòmhair-eachd na diadhaidheachd, chan 'eil iad a' creidsinn gu bheil feum aig ministearan air sgoil no sgoilearachd eile. Tha iad a' cumail a mach nach 'eil e a réin nan Sgriobturan a bhi a' cur oileanach òga do Chollaistean a dh' ionnsachadh Gréigis no Eabhra, no a dh' ionnsachadh ùrnugha no searmon a dheanamh. Mar sin chan 'eil ministearan aca mar tha aig eaglaisean eile, ach daoine a thòisich air searmonachadh as an cinn agus as an comhairle fhéin, a chionn gu robh iad a' faireachduinn gu robh iad air an gairm leis an Spiorad Naomh. Tha iad a' creidsinn gur e saor thlòdhlaic o Dhia a tha anns na gibhteán a tha deanamh duine comasach air searmonachadh, agus gur còir do gach duine a fhuar na gibhteán sin an cleachdadh gu saor ann an seirbhís a bhràithrean. Chan 'eil iad a' toirt páidheadh air bith do dhuine a thòisicheas air searmonachadh, acli coltach ris na h-abstoir, gheibh eaoigheachd is cuid na h-oidhche ann an àite air bith an téid e.

Anns na coinneamhan a bhios aca chan 'eil iad a' leantuinn foirm ùrnuigh no aoraidh mar a gheibhearr anns na h-eaglaisean againne. Tha iad daonnan a' leantuinn an *t-soluis*, a' labhairt no a' fantuinn sàmhach a' réir mar tha iad air an seòladh leis an Spriorad Naomh. Tha iad a' ceadachadh do mhàthair labhairt cho maith ris na fir.











